2.38.d.

NATIONAL LIBRARY
OF SCOTLAND
EDINBURGH

Ex dono Translatoris

Ae. 2.45.

Ex Libris
Bibliothecae Facultatis
Juridicae Edinburgi

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

[illegible]

TIOMNADH NUADH

AR

TIGHEARNA agus ar SLANUIGH-FHIR

IOSA CRIOSD.

Eidir-theangaicht'
O'n Ghreugais chum Gaidhlig Albannaich.

Maille re feòlannaibh aith-ghearra chum a' chàn'ain fin a leughadh.

Air iarrtas na Cuideachd urramaich, a'ta chum eòlas CRIOSDUIDH a fgaoileadh feadh Gaidhealtachd agus eileana na h ALBA.

Clòdh-bhuailt' ann DUN-EUDAIN,

Le BALFOUR, AULD, agus SMELLIE.

M.DCC.LXVII.

Entered in Stationers Hall, according
to Act of Parliament.

CAIB. I.

Sinnsiorachd, 18 *Gineamhuin*, 21 *breith*, 23 *agus mìneachadh ainm Chriosd.*

LEABHAR ginealaich Iosa Criosd, mhic Dhaibhi, mhic Abraham.

2 Do ghin Abraham Isaac, agus ghin Isaac Iacob, agus ghin Iacob Iudas agus a bhràithre.

3 Agus ghin Iudas Phares agus Sara o Thamar, agus do ghin Phares Esrom, agus ghin Esrom Aram.

4 Agus do ghin Aram Amminadab, agus do ghin Amminadab Naasson, agus ghin Naasson Salmon.

5 Agus ghin Salmon Boos o Rachab, agus ghin Boos Obed o Rut, agus do ghin Obed Iesse.

6 Agus ghin Iesse Daibhi an Righ, agus ghin Daibhi an Righ Solomon o 'n mhnaoi *a bha* aig Urias.

7 Agus ghin Solomon Roboam, agus ghin Roboam Abia, agus ghin Abia Asa.

8 Agus do ghin Asa Iosaphat, agus ghin Iosaphat Ioram, agus ghin Ioram Osias.

9 Agus ghin Osias Ioatam, agus do ghin Ioatam Achas, agus ghin Achas Esechias.

10 Agus do ghin Esechias Manasses, agus ghin Manasses Amon, agus do ghin Amon Iosias.

11 Agus ghin Iosias Iechonias agus a bhràithre, mu àm an giùlain do 'n Bhabilon.

12 Agus taireis an toirt do 'n Bhabilon, ghin Iechonias Salatiel, agus ghin Salatiel Sorobabel.

13 Agus ghin Sorobabel Abiud, agus do ghin Abiud Eliachim, agus ghin Eliachim Asor.

14 Agus ghin Asor Sadoc, agus ghin Sadoc Achim, agus do ghin Achim Eliud.

15 Agus ghin Eliud Eleasar, agus ghin Eleasar Mattan, agus ghin Mattan Iacob.

16 Agus ghin Iacob Ioseph fear Mhuire, o 'n d'rugadh Iosa, d'an goirtheat Criosd.

17 Uime sin na h uile ghinealaich o Abraham gu Daibhi *is* ceithir ginealaich deug iad: agus o Dhaibhi gu bruid na Babiloin, ceithir glùine deug: agus o bhruid na Babiloin gu Criosd, ceithir glùine deug.

18 Agus is mar so do bhi breith Iosa Criosd: oir taireis do cheangal pòsaidh bhi air a dheanamh eidir a mhàthair Muire agus Ioseph, roimh dhoibh dol cuideachd, fhuaradh torrach i o 'n Spiorad Naomh'.

19 'Nsin air bhi do Ioseph a fear 'n a dhuine co'-thromach, agus gun toil aig' eisiomplair fhollasach a dheanamh dhi', bu mhiann leis a cur uaithe os ìseal.

20 Ach ag smuaineadh na nithe-se dhò, fèuch, dh'fhoillsich aingeal an Tighearna è fein da am bruadar, ag radh, A Ioseph a mhic Dhaibhi, na biodh eagal ort do bhean Muire a ghabhail a' d'ionnsuidh: oir an ni ata air a ghineamhuin innte, is o 'n Spiorad Naomhtha è.

21 Agus beuraidh si mac, agus bheir thu Iosa dh'ainm air; oir * saoraidh fè a phobull fein o 'm peacaibh.

22 (Agus rinneadh so uile, chum gu coi'-lionfadh an ni a dubhairt an Tighearna leis an fhàidh, ag radh,

23 Fèuch, bithidh maighdean torrach, agus beuraidh si mac, agus bheir iad Emmanuel dh'ainm air, 's ionnan sin re radh air na ei-

† A dir-thean-

* slànuichidh.

dir-theangachadh, agus, Dia maille ruinn).

24 'Nsin air mosgladh do Ioseph as a chodal, do rinn sè mar a dh'iarr aingeal an Tighearn' air, agus ghabh sè d'a ionnsuidh a bhean:

25 Agus nior aithin sè i gus an d'rug si a ceud mhac; agus thug sè Iosa dh'ainm air.

CAIB. II.

Dh'onoruich na Draoithe Crioſd; 14 *Theich Ioseph leis do 'n Eipht*, 16 *agus mharbh Ioraith na Leanba*'.

AGUS an uair a rugadh Iosa am Betlehem *thìr* Iuda, ann laithibh * Ioraith an righ, feuch, do thainig † Draoithe o'n àird an ear gu Hierusalem,

2 Ag radh, C'àit' am bheil righ-ud nan Iudhach ata air a bhreith? oir chunnairc sinne a reult san àird an ear, agus ata sinn air teachd a thabhairt ‡ adhraidh dha.

3 An uair a chual' Ioraith an righ *sin*, bha sè || fuidh thrioblaid, agus Hierusalem uile maille ris.

4 Agus air cruinneachadh nan àrd-shagarta uile dha, agus sciobhaichean a' phobuill, dh'fheòraich sè dhiubh c'àit' an raibh Crioſd gu bi air a bhreith.

5 Agus a dubhairt siad ris, Am Betlehem *thìr* Iuda: oir is mar so do sciobhadh leis an fhàidh;

6 Agus thusa Bhetlehem ann tìr Iuda, cha tu idir is lugha a' measg phrionnsaidh Iuda: oir asadsa do thig an t Uachdaran a sdiuras mo phobull Israel.

7 Ann an sin air do Ioraith na daoine glic' a ghairm os ìseal d'a ionnsuidh, dh'fheòruich sè dhiubh gu ro-gheur creud an t àm an d'fhoillsicheadh an reult.

8 Agus air an cur gu Betlehem dha, a dubhairt sè, Im'ichibh, agus iarruibh gu dichiollach an naoidhean, agus 'n diuigh fhaghail dhuibh, innisibh dhamhsa è, chum gu rachamsa fein, agus gu deanam adhradh dha.

9 Agus air cluinntin an righ dhoibh dh'imich iad, agus feuch, do chuaidh an reult a chunnairc iad san àird an ear rompa, gus an d'thainig si agus stad si os cionn an ionaid ann raibh an naoidhean.

10 Agus air faicsin na réilte dhoibh, do rinn siad gàirdeachas leh aoibhneas ro-mhòr.

11 Agus air dol a steach dhoibh do 'n tigh, fhuair iad an naoidhean § am fochair a mhàthar Muire, agus do thuit iad sios, agus rinn siad adhradh dhò: agus air fosgladh an ionmhais dhoibh, thug iad dha tiodhlaca'; òr, agus tùis, agus mirr.

12 Agus air faghail rabhaidh o Dhia am bruadar, gun iad a philltin-dh'ionnsuidh Ioraith, chuaidh iad d'an dùthaich fein air slighe eile.

13 Agus air imtheachd air an ais dhoibh, feuch do nochdfadh aingeal an Tighearna do Ioseph ann am bruadar, ag radh, Eirich, agus gabh an leanabh òg agus a mhàthair, agus teich do 'n Eipht, agus bi ann sin gus an labhair mise riut: oir iarrfuidh Ioraith an Naoidhean d' a mhilleadh.

14 Agus air eirigh dhòsan, ghabh sè d'a ionnsuidh a' Naoidhean agus a mhàthair san oidhche, agus dh'imich sè do 'n Eipht:

15 Agus bha sè ann sin gu bàs Ioraith: do chum gu coi'-lionsadh an ni a dubhairt an Tighearna leis an fhàidh, ag radh, Amach as an Eipht do ghoir mi mo Mhac.

16 Ann sin air faicsin do Ioraith gu'n d'rinn na Draoithe fanoid air, do las sè le feirg ro-mhòr, agus air cur luchd milleidh uaithe, mharbh sè na bha do leanbaibh mac am Betlehem, agus 'n a criochaibh uile, o aois dhà bhliadhna no fui', do reir na h aimsire a dh'fhò'luim

* Herod. † daoine glic'. ‡ onoir. || air a bhuaireadh. § maille re.

dh'fhò'luim fè gu dichiollach o na draoithibh.

17 Ann fin choi'-lionadh an ni a labhradh le Ieremias am fàidh, ag radh,

18 Do chualas guth ann Rama, caoi agus gul agus bròn ro-mhòr, Rachel ag caoineadh a cloinne, agus nior b'àill lè fòlas a ghabhail, chionn nach bheil iad *beo*.

19 Ach an t ann a fhuair Ioraith bàs, feuch, nochdadh Aingeal an Tighearna am bruadar do Ioseph fan Eipht,

20 Ag radh, Eirich, agus gabh an leanabh òg agus a mhàthair, agus im'ich gu talamh Israel: oir fhuair an dream a bha 'g iarraidh anma an leinibh bàs.

21 Agus dh'eirich eisean, agus ghabh fè an leanabh agus a mhàthair d'a ionnsuidh, agus thainig fè gu talamh Israel.

22 Ach an uair do chuala fè Archelaus a bhi 'na righ ann *tìr* Iuda ann ionad Ioraith athar, bha eagal air dol innte fin: ach, air faghail d'a rabhaidh o Dhia am bruadar, do iompaidh fè gu criochaibh na Galilee:

23 Agus thainig fè agus ghabh fè comhnuidh am baile d'an goirthear Nasaret, do chum gu coi'-lionadh an ni a dubhradh leis na fàidhibh, Gu goirthear Nàsardha dheth.

CAIB. III.

Teagasg agus caitheamh-beatha Eoin Bhaisde: 13 *neach leis 'n do bhaisdeadh Iosa Crioisd.*

AGUS ann sna laithibh sin do thainig Eoin Baisde, a' searmonach' am fàsach *thìr* Iuda,

2 Agus ag radh, Deanuibh aithreachas: oir ata rioghachd nèimh' am foguss.

3 Oir is è so an ti ud mu 'n do labhair Esaias am fàidh, ag radh, Guth an ti a ghlaodhas ann san fhàsach, Ull'uichibh slighe an Tighearna, deanaibh a * cheimeana dìreach.

4 Agus is i culaidh a bha air Eoin eadach air a dheanamh do fhionna chàmhail, agus crios leathair timchioll a leasraidh; agus is sè bu bhiadh dhò locuist agus mil fhiadhaich.

5 Do chuaidh Hierusalem amach d'a ionnsuidh an t ann sin agus Iudea uile, agus luchd àiteach' na dùthcha timchioll Iordain uile,

6 Agus bha iad air am baisde' leisin ann Iordan, ag aidmhil am peacaidh.

7 Ach an uair a chunnairc sè moran do na Phairisichibh, agus do na Saddusaichibh ag teachd chum a bhaisde-sin, a dubhairt sè riu, A shiol nan naithreacha nimhe, co a thug rabhadh dhuibhse teiche' o 'n fheirg ata ag teachd?

8 Air an àdhbhar sin thugaibh amach toradh iomchu'idh do'n aithreachas.

9 Agus na smuainibh a radh annaibh fein, Ata Abraham 'n a athair againn: oir a deirim ribh, gur comasach Dia air clann a thogbhail suas dh'Abraham do na clochaibh sin.

10 Agus anois ata an tuadh air a cur re freamh nan crann; air an àdhbhar sin, ge b'è crann nach toir amach toradh maith, gearthar è, agus tilgear san teine è.

11 Gu deimhin ataimse 'g ar baisteadh le h uisge chum aithreachais; ach an ti a thig a' m' dhiaigh, is cumhachdaich è na mi, agus ni 'm fiu mise a bhròga iomchar: baistidh eisean leis an Spiorad Naomh, agus le teine sibh.

12 Aig am bheil † fhasceanneadh 'n a làimh, agus glanaidh fè gu ro-bhaileach ùrlar bualaidh, agus cruinnichidh fè a chrui'neachd d'a gharnail; ach loisgidh fè a' moll le teine nach seudar a mhùchadh.

* chasan. † a ghuit.

13 Thainig Ioſa an t ann ſin o Ghalilee gu Iordan dh'ionnſuidh Eoin, chum gu'm biodh ſè air a bhaiſteadh leis.

14 Ach dò bhac Eoin è, ag radh, Ata agamſa feum a bhi air mo bhaiſteadh leatſa, agus am bheil thuſa ag teachd do m' ionnſuidhs' ?

15 Agus fhreagair Ioſa, agus a dubhairt ſè ris, Leig *do 'n chùis a bhi mar* ſo anois : oir is mar ſo is iomchu'idh dhuinne gach uile fhireantachd a choi'-lionadh. Ann ſin dh'fhulaing ſè dhò.

16 Agus an uair a bhaiſteadh Ioſa, chuaidh ſè air ball ſuas as an uiſge : agus feuch, do fhoſgladh Neamh dha, agus chunnairc ſè Spiorad De ag * tuirling mar cholman, agus teachd airſin.

17 Agus feuch, guth o neamh, ag radh, Is è ſo mo Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr thlachd.

CAIB. IV.

Do chuir an t Adhbharſair cathuchadh air Criosd dèis fad-throſgadh. 17 *tairgis do Ioſa buadhachadh air, thionnſgain ſè a mhiniſtreileachd.*

ANn ſin do threòruicheadh Ioſa leis an Spiorad do'n fhàſach, chum gu'm biodh è air a bhuaireadh leis an diabhol.

2 Agus an uair do throiſg ſè da fhichid là agus da fhichid oidhche, bha ſè 'n diaigh ſin air ocras.

3 Agus air teachd do'n bhuaireadoir d'a ionnſuidh, a dubhairt ſè, Ma 's tuſa Mac Dhe, toir àithne do na clochaibh ſin bhi 'n an aran.

4 Ach do fhreagair eiſean agus a dubhairt ſè, Ata è ſcriobht', ni le h aran amhàin a bheathuichear duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bheul De.

5 Ann ſin thug an diabhol è do'n bhaile naomha, agus chuir ſè air binnein an teampuill è,

6 Agus a dubhairt ſè ris, Ma 's tu Mac Dhe, tilg thu fein ſios : oir ata è ſcriobht', gu toir ſè àithne d'a ainglibh a'd' thimchioll, agus togbhaidh iadſan thu ſuas 'n an làmhaibh, chum as nach buail thu uair air bith do chos air cloich :

7 A dubhairt Ioſa ris, A rìs ata è ſcriobht', na buair an Tighearna do Dhia.

8 Thug an diabhol è a rìs chum ſleibh' ro-àird, agus nochd ſè dha uile rioghachda an domhain, agus an glòir :

9 Agus a dubhairt ſè ris, Do bhearams' iad ſo uile dhuit, ma 's è air tuiteam dhuit ſios gu 'n dean thu adhradh dhamhſa.

10 Ann ſin a dubhairt Ioſa ris, Im'ich uam, a Shatain : oir ata è ſcriobht', Bheir thu adhradh do'n Tighearna do Dhia, agus dhòſan 'n a aonar do ni thu ſeirbhis.

11 Dh'fhàg an diabhol è ann ſin ; agus feuch, do thainig aingil agus rinn ſiad frithealadh dha.

12 Ach an t ann do chual' Ioſa gur chuireadh Eoin ann làimh, dh'imich ſè do'n Ghalilee.

13 Agus air fàgbhail Naſaret da, thainig ſè agus rinn ſè comhnuidh ann Capernaum, a 'ta chois na fairge, ann leith-iomall Shabuloin agus Nephtailim :

14 Do chum gu'n coi'-lionadh an ni a dubhradh le Eſaias am fàidh, ag radh,

15 Talamh Shabuloin, agus talamh Nephtailim, ſlighe na fairge † air an taobh thall do Iordan, Galilee nan Cinneach :

16 Am pobull a bha 'n an ſuidhe ann dorchadas, chunnairc ſiad ſolus mòr : agus ata ſolus air eirigh do na daoinibh a bha 'n an ſuidhe ann crìch agus ann ſgàil a' bhàis.

17 O' ſin amach do ‡ thionnſgain Ioſa ſearmoin a dheanamh, agus a radh, Deanaibh aithreachas, oir ata rioghachd nèimh' am foguſg.

18 Agus ag im'eachd do Ioſa re taoibh fairge na Galilee, chunnairc ſè dias bhràithre, Simon, d' an goirthear

* teachd anuas. † Re taoibh Iordain. ‡ Thèſaich.

goirthear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn san fhairge: (oir b'iasgairidh iad).

19 Agus a deir fè riu, Leanaibh mise, agus ni mi iasgairidh air daoinibh dhibh.

20 Agus air fàgbhail an lionta air ball dhoibh, lean fiad eisean.

21 Agus air triall da as sin, chunnairc fè dias eile bhràithre, Seumas *mac* Shebedee, agus Eoin a bhràthair, ann luing maille r' an athair Sebedee, ag càramh an lionta: agus ghairm fè iad.

22 Agus air fàgbhail na luinge, agus an athar dhoibh air ball, do lean fiad è.

23 Agus dh'imich Iosa ma chuairt na Galilee uile, ag teagasg 'n an sionagogaibh, agus ag searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach gnè thinnis, agus gach gnè eacail a' measg an t sluaigh.

24 Agus chuaidh a chliu feadh na Siria uile: agus thug fiad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha easlan, agus a bha air an cuibhreachadh le galaruibh, agus * piantuibh eagsamhla, agus iadsan aig an raibh deamhain ionnta, agus air an raibh an tuitimeas, agus luchd pairilise; agus shlànuich fè iad.

25 Agus lean cuideachd mhòr è, o 'n Ghalilee, agus o Dhecapolis, agus o Hierusalem, agus o Iudea, agus o na criochaibh ata do 'n taobh thall do Iordan.

CAIB. V.

Searmoin Chriosd air an t sliabh, ann am bheil na h ochd beannachda, agus mìneachadh an Lagha.

AGUS an uair do chunnairc Iosa an sluagh, chuaidh è suas air sliabh: agus air suidh' dhò, thainig a dheiscibuil d'a ionnsuidh.

2 Agus air fosgladh a bhéil da, theagaisg fè iad, ag radh,

3 Is beannuicht' iads' ata bochd 'n an spiorad: oir is leo rioghachd nèimh'.

4 Is beannuicht' iads' ata re bròn: oir gheibh siad sòlas.

5 Is beannuichte na daoine † macant': oir sealbhuichidh iad an talamh mar dhligh' oighreachd.

6 Is beannuicht' an dream air am bhuil ocras agus tart ‡ na còrach: oir sasuichear iad.

7 Is beannuicht' na daoine trocaireach: oir gheibh siad trocair.

8 Is beannuicht' na daoine 'ta glan 'n an croidhe: oir chi siad Dia.

9 Is beannuichte luchd dheanamh na sithchaint; oir goirthear clann De dhiubh.

10 Is beannuicht' an dream ata fulang geur-leanmhuin air son na còrach: oir is leo-sa rioghachd nèimh'.

11 Is beannuicht' a bhitheas sibh an uair a bheir daoine an-cainnt dhuibh, agus a' ni siad geur-leanmhuin *oirbh*, agus a labhras iad gach uile dhroch fhocal ribh gu breugach air mo sgàthsa.

12 Ann sin deanuibh gàirdeachas, agus bithibh ro-shubhach: oir is mòr bhur § luigheachd air neamh: oir is mar sin do rinn siad geur-leanmhuin air na fàidhibh thainig romhaibh.

13 Is sibhse salann na talmhain: gidheadh ma chailleas an salann a bhlas, creud leis an saillsear è? ni bhuil feum ann o sin suas, ach a thilgeadh amach, agus a shaltairt fa chosaibh dhaoine.

14 Is sibhse solus an t saoghail. Ni h eudar baile àrd a shuidheachadh air sliabh fholach.

15 Agus cha las daoine coinneal, chum as gu 'n cuir iad i fa bheul || buiseil, ach ann an coinnleir, agus ni i solus do nam bheil a stigh.

16 Gu ma h ann mar sin a dhealruicheas bhur solus ann làthair dhaoine, chum as gu faic iad bhur deadh

* iomadh gnè phiantuibh. † ceannsaich. ‡ na freunteachd. § duais. || soithich.

deadh oibridh, agus gu toir fiad glòir do bhur n Athair ata air Neamh.

17 Na meafaibh gu 'n d'thainig mife a fgaoileadh an lagha no nam fàidhean; ni h ann a fgaoileadh thainig mi, ach a choi'-lionadh.

18 Oir a deirim ribh gu firinneach, Gus an d'theid neamh agus talamh thart, cha d'theid * aon lide no aon phunc do 'n lagh thart, gus an coi'-liontar gach aon ni.

19 Air an àdhbhar fin ge b'è neach a fgaoileas aon àithne do na h àitheantaibh fo a's lugha, agus theagaifgeas daoine mar fin, goirthear an duine 's lugha dheth ann rioghachd nèimh': ach ge air bith neach a ni, agus theagaifgeas *iad*, goirthear duine mòr dheth ann rioghachd nèimh'.

20 Oir a deirim ribh, Mur toir bhur fireantachdfa barrachd air fireantachd nan Scriobhuichean agus nam Pharaifeach, ni 'n d'theid fibh air chor air bith fteach do rioghachd Nèimh'.

21 Chuala fibh, gu 'n dubhradh leis na finnfiribh, Na dean marbhadh: agus ge b'è neach a ni marbhadh, bithidh fè ann cunntart a' bhreitheamhnais.

22 Ach deirimfe ribh, Ge b'è neach aig am bi fearg r'a bhràthair gun àdhbhar, gu'm bi fè ann cunntart a' bhreitheamhnais: agus ge b'è neach a deir r'a bhràthair, Raca, bithidh fè ann cunntart na comhairle: ach ge b'è neach a deir, Amadain, bithidh fè ann cunntart teine ifrinn.

23 Uime fin ma bheir thu do † thabhartas chum na h altara, agus gu 'n cuimhnich thu ann fin gu bheil ni air bith aig do bhràthair a' d' aghaidh;

24 Fàg do thabhartas ann fin ann làthair na h altara, agus im'-ich, agus dean reite air tùs re d' bhràthair, agus tairgis fin air teachd dhuit, tabhair uait do thiodhlacadh.

25 Bi reidh re d' eafcaraid gu luath, am feadh bhitheas tu maille ris fan t flighe: t eagal gu 'n toir an t eafcaradh thairis do 'n bhreitheamh thu agus gu 'n toir am breitheamh thu do 'n mhaor, agus gu tilgear am priofun thu.

26 A deirim riut gu firinneach, nach teid thu as fin amach, no gu 'n ioc thu an fheoirling dheireannach.

27 Chuala fibh gu 'n dubhradh ris na finnfiribh, Na dean adhaltranas.

28 Ach a deirimfe ribh, Ge b'è neach a dh'amhairceas air mnaoi chum a miannachadh, gu 'n d'rinn fè adhaltranas le cheana 'n a chroidhe.

29 Agus ma bheir do fhùil dheas àdhbhar tuiflidh dhuit, fpion amach i, agus tilg uait i: oir is fearr dhuit gu fgriofar aon bhall do d' bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.

30 Agus ma bheir do làmh dheas oilbheum dhuit, gearr dhiot i, agus tilg uait i: oir is fearr dhuit gu fgriofar aon bhall do d'bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.

31 Agus a dubhradh, Ge b'è chuireas a bhean phòfda air falbh, thugadh è litir dhealaich dh'i.

32 Ach a deirimfe ribh, Ge b'è neach a chuireas air falbh a bhean phòfda fein ach amhàin air fon ftriopachais, gu bheil fè toirt uirre adhaltranas a dheanamh: agus an ti a phòfas a bhean fin do chuireadh air falbh, ata fè ag deanamh adhaltranais.

33 Mar an ceudna, chuala fibh gu 'n dubradh ris na finnfiribh, Na tabhair mionnan eitheich, ach coi'-lion do mhionna do 'n Tighearna.

34 Ach a deirimfe ribh, Na tugaibh mionnan air mhodh fam bith: na *tugaibh* air Neamh, oir is fè Righ-chaithir Dhe è:

35 Na *tugaibh* air an talamh, oir

* aon iota. † thiodhlacadh.

is fè ftòl a chos è : na *tugaibh* air Hieruſalem, oir is è baile an Righ mhòir.

36 Na tabhair do cheann fein mar mhionna, oir ni 'm feudar leat aon fhoiltein a' dheanamh geal no dubh.

37 Ach gu ma h è a's comhradh dhuibh, 'Seadh, 'ſeadh; Ni h eadh, ni h eadh ; oir ge b'è ni a bhitheas os cionn ſo, is ann o 'n olc ata fè.

38 Chuala ſibh gu 'n dubhradh, Sùil air ſon ſùl, agus fiacaill air ſon fiacla.

39 Ach deirimſe ribh, Na cuiribh ann aghaidh an uilc: ach ge b'è neach a bhuaileas tu air do ghial deas, iompoich chuige an gial eile mar an ceudna.

40 Agus an ti ler b' àill thuſa a thagradh ſan lagh, agus do chòta a bhuin diot, leig leis do chlòca fòs.

41 Agus ge b'è bheir leis air feadh mìle a dhaindeoin thu, im'ich leis air feadh dhà mhìle.

42 Tabhair do'n ti a dh'iarras ort, agus uaithſin ler bu mhiann iaſachd fhaghail uait, na pill air falbh.

43 Chuala ſibh gu 'n dubhradh, Gràdhaichidh tu do choimhearſnach, agus bithidh fuath agad do d' namhaid.

44 Ach a deirimſe ribh, Biodh gràdh agaibh do bhur naimhdibh, beannaichibh an droing a mhallaicheas ſibh, deanaibh maith do na daoinibh air am beag ſibh, agus deanaibh ùrnaigh air ſon na muintir ata buntain ribh gu naimhdeil, agus ata 'g ar geur-leanmhuin :

45 Do chum gu 'm bi ſibh 'n ar cloinn aig bhur n Athair ata air neamh, oir ata eiſean a' tabhairt air a ghrein fein eirigh air na droch dhaoinibh, agus air na deadh dhaoinibh, agus a' cur feurthuinn air na fìreanaibh agus air na neimh-fhireanaibh.

46 Oir ma bhitheas gràdh agaibh do'n mhuintir aig am bheil gràdh dhuibh, creud è an luigheachd do gheibh ſibh ? nach bheil eadhon na * puibliocain a' deanamh a' ni ceudna?

47 Agus ma chuireas ſibh fàilte air bhur bràithribh fein amhàin, creud ata ſibh a' deanamh thar *chàch?* nach bheil na pubiiocain fein a' deanamh a' ni ceudna ?

48 Air an àdhbhar ſin bithibhſe † diongmhalta, mar ata bhur n Athair ata air neamh diongmhalta.

CAIB. VI.

Leanntuin na ſearmoin air a' bheinn, ann am bheil Criofd a' labhairt mu dhèirc, 5 *mu ùrnuigh,* 14 *mu mhaitheamhnas d'ar bràithribh,* 16 *mu throſga,* 19 *c'àit' am bu chòir dhuinn ar n ionmhas a thoſgaidh,* 24 *mu thimchioll ſeirbhis a thabhairt do Dhia agus do mhammon :* 25 *ag earaileach' an luchd eiſteachd gun iad a bhi ro-chùramach mu nithibh ſaoghalt',* 33 *ach rioghachd Dhe iarraidh.*

THugaibh an aire nach dean ſibh bhur déirc am fiadhnuis dhaoine, chum gu 'm faicear leo ſibh : no ni 'm fuigh ſibh tuaraſdal o bhur n Athair ata air neamh.

2 Uime ſin, an uair a ni thu do dhéirc, na toir fainear gallromp a fheinn romhad, mar a ni na cealgoirean, ann ſna Sionagogaibh, agus ann ſna ſràidibh, chum as gu fuigh fiad glòir o dhaoinibh. Gu fìrinneach deirimſe ribh, gu bheil an tuaraſdal aca.

3 Ach an uair a ni thuſa déirc, na biodh fios aig do làimh chli creud ata do làmh dheas a' deanamh :

4 Chum gu 'm bi do dhéirc am folach : agus do bheir t Athair a chi am folach, luigheachd dhuitſe os àird.

5 Agus an uair do ni thu ùrnuigh, na bi mar luchd an fhuarchràbhaidh : oir is ionmhuinn leo ùrnuigh

* cis-mhaoir. † foilſe.

ùrnuigh a dheanamh ſna ſionagogaibh, agus ann coinniuchadh nan ſràidean 'n an ſeaſamh, chum gu faicear le daoine iad. Gu deimhin a deirimſe ribh, gu bheil an tuaraſdal aca.

6 Ach thuſa an uair a ni thu ùrnuigh, im'ich a ſteach do d' ſheomar, agus air dùnadh do dhoruis duit, dean ùrnuigh re t Athair ata ann uaignidheas, agus bheir t Athair a chi ann uaignidheas, duais dhuit gu follaiſeach.

7 Ach ag deanamh ùrnuigh dhuibh, na gnàthaichibh ath-iartais dhiomhaoin, mar na cinnich: oir ſaoilidh iadſan gu 'n eiſdear riu air ſon lionmhuireachd am focla.

8 Uime ſin na bithibhſe coſmhuil riu: oir ata fios aig bhur n Athair cia iad na nithe ata dh'uireaſbhuidh oirbh, mun iarr ſibh air iad.

9 Air an àdhbhar ſin deanaibhſe ùrnaigh air a' mhodh ſo: Ar n Athair ata air neamh, Gu naomhaichear t ainm.

10 Tigeadh do rioghachd. Deanthar do thoil air an talamh mar *a nithear* air neamh.

11 Tabhair dhuinn an diu ar n aran laitheil.

12 Agus maith dhuinn ar fiacha, amhuil mar mhaithmid d'ar * luchdfiachaibh.

13 Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc: Oir is leatſa an rioghachd, agus a' chumhachd, agus a' ghlòir, gu ſiorruidh. Amen.

14 Oir, ma mhaitheas ſibh an cionta do dhaoinibh, maithidh bhur n Athair neamhaidh dhuibhſe mar an ceudna.

15 Ach mur maith ſibh an cionta do dhaoinibh, ni mò a mhaitheas bhur n Athair dhuibhſe bhur cionta.

16 Agus an uair do ni ſibh troſgadh, na bitheadh gruaim air bhur gnùis, mar luchd an fhuarchràbhaidh: oir cuirfidh iadſan mi-dhreach air an aghaidh chum gu faicear le daoinibh iad a bhi troſgadh. Deirim ribh gu firinneach gu bheil an tuaraſdal aca.

17 Ach thus', an uair a ni thu troſgadh, cuir ola air do cheann, agus ionnail ‖ t aghaidh:

18 Chum nach faicear le daoinibh, gu bheil thuſa a' deanamh troſgaidh, ach le t Athair ata ann uaignidheas: agus bheir t Athair a chi ann uaignidheas, duais dhuit gu follaiſeach.

19 Na taiſgibh dhuibh fein ionmhais air an talamh, far an † truaill a' ‡ mhiol chrion agus a'mheirg è, agus far an cladhaich na meirlich a ſtigh agus an goid iad.

20 Ach taiſgibh ionmhais dhuibh fein air neamh, far nach truaill a' mhiol chrion no a' mheirg, agus nach cladhaich, agus nach goid na meirlich.

21 Oir ge b'è ball am bheil bhur n ionmhas, is ann an ſin a bhitheas bhur croidhe mar an ceudna.

22 'Si'n t ſùil ſolus a chuirp: uime ſin ma bhitheas do ſhùil glan, bithidh do chorp uile làn ſoluis.

23 Ach ma bhitheas do ſhùil gu h olc, bithidh do chorp uile dorcha'. Air an àdhbhar ſin ma 'ta an ſolus ata ionnad 'n a dhorchadas, creud è mèud an dorchadais ſin?

24 Ni h eudar le neach air bith ſeirbhis a dheanamh do dhà Thighearna: oir an dara cuid bithidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do neach eile; no gabhuidh ſè le neach aca, agus bheir è tarcuis do neach eile. Ni h eudar libh ſeirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhammon.

25 Uime ſin a deirimſe ribh, Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beathaidh, creud a dh'itheas

* feichneinibh. ‖ t eudan. † mill. ‡ an rédan.

dh'itheas no dh'òlas fibh; no mu thimchioll bhur cuirp, creud a chuireas fibh umaibh: an è nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t eadach?

26 Amharcaibh air èunlaith an aidheir: oir ni 'n cuir iad fiol, agus ni 'm buain iad, agus ni 'n cruinnich iad ann * fgiobolaibh: gidheadh ata bhur n Athair neamhaidh-fe 'g am beathachadh; 'n è nach fearr fibhfe gu mòr na iadfan?

27 Agus cia agaibh le mòrchùram dh'fheudas aon † bhannlàmh a chur r'a airde fein?

28 Agus creud fa'm bhuil fibh ro-chùramach mu thimchioll bhur culaidh? fò'lomaibh cionnas ata na lilighe fàs fa mhachair; ni 'n dean iad faothair, agus ni 'n dean iad fniomh.

29 Gidheadh a deirimfe ribh, Nach raibh Solomh fein 'n a uile ghlòir, air eadachadh mar aon diubh fo.

30 Air an àdhbhar fin ma 'ta Dia mar fin ag fgeudachadh feur na machaire, ata an diu ann, agus a' màrach air a thilge' fan àmhuinn, an è nach mò na fin *a fgeudaicheas* è fibhfe, a dhaoine air bheag creidimh?

31 Uime fin na bithibh làn do chùram, ag radh, Creud a dh'itheas finn? no creud a dh'òlas finn? no creud a chuireas finn umainn?

32 (Oir is iad fo uile na nithe ata na cinnich ag iarraidh) oir ata fios aig bhur n Athair neamhaidh gu bhuil feum agaibhfe air na nithibh fin uile.

33 Ach iarraibh air tùs Rioghachd Dhe, agus fhireantachdfan, agus cuirfear na nithe-fe uile ribh.

34 Uime fin na bitheadh rochùram oirbh mu thimchioll an la màrach: oir bithidh a làn do chùram air an la màrach mu thimchioll à nithe fein: is leòr do 'n là olc fein.

CAIB. VII.

Ann am bhuil ar flànuigh-fhear a' criochnach' na fearmoin air a' bheinn, 1 *ag cronuchadh breith ghrad,* 6 *ag toirmeafg' nithe naomh' chur ann neimh-fhuim,* 7 *ag earail ùrnuigh a dheanamh,* 13 *dol a fligh air a' gheata chumhann,* 15 *bhi air ar faicill ann a-ghaidh Fhàidhean bréige,* 21 *gun bhi 'n ar luchd eifteachd, ach 'n ar luchd deanamh an fhocail:* 24 *cofmhuil re tighibh air an fuidheachadh air carraig;* 26 *Agus ni h ann air gaineamh.*

NA tugaibh breith, chum nach toirear breith oirbh.

2 Oir do reir na breith' a bheir fibh, bheirthear breith oirbh: agus leis an tomhas a thomhaifeas fibh, tomhaifear dhuibh a rìs.

3 Agus creud fa 'm bhuil tu faicfin an ‡ fmùirnein ata ann fùil do bhràthar, ach ni bhuil thu tabhairt fainear an t fail ata ann do fhùil fein?

4 No cionnas a deir tu re d'bhràthair, Fulaing dhamh an caimein a fpionadh as do fhùil; agus fèuch an t fail ann do fhùil fein?

5 A chealgoir, buin air tùs an t fail as do fhùil fein; agus ann fin is léir dhuit gu maith an fmùirnein a bhuntain a fùil do bhràthar.

6 Na tabhraibh an ni naomha do na madraibh, agus na tilgibh bhur neamhnuide am fiadhnuis nam muc, air eagal gu faltair iad orra le'n cofaibh, agus air pilltin dhoibh gu reub iad fibh fein as a chéile.

7 Iarruibh, agus bheirthear dhuibh: lorgaichibh, agus gheibh fibh: buailibh *an dorus,* agus fofgailear dhuibh.

* faibhlibh. † làmh-chòille.

‡ caimein.

8 Oir gach uile neach a dh'iarras, glacuidh fè: agus ge b'è a lorgaicheas, gheibh fè: agus do 'n ti a bhuaileas *an dorus*, fosgailear.

9 Oir co an duine agaibhse, ma 's è 's gu'n iarr a mhac aran, a bheir cloch dha?

10 Agus ma's iasg a dh'iarras è, an tabhair è naithir nimhe dhò?

11 Air an àdhbhar sin m'ata shios aguibhse ata olc, tiodhlacaidh maith' a thabhairt do bhur cloinn, nach mò na sin a bheir bhur n Athair ata air neamh nithe maithe dhoibhsin a dh'iarras air *iad*?

12 Uime sin gach uile ni bu mhiann libh daoine a dheanamh dhuibh, deanaibhse a leithid dhoibhsin mar an ceudna: oir is è so an lagh agus na fàidhe.

13 Im'ichibh a steach air an dorus chumhann; oir is fairsing an dorus, agus is leathan an t slighe ata treòruchadh chum sgrios, agus is lionmhor iad ata dol a steach uirre:

14 Do bhri' gur cumhann an dorus, agus gur ai'-leathan an t slighe ata treòruchadh chum na beatha, agus is tearc iad ata 'g amas uirre.

15 Tuilleadh eile coimheadaibh sibh fein o na fàidhibh bréige, a thig d'ar ionnsuidh ann an culaibh chaorach, ach ata 'n leith a stigh 'n am madraibh allta.

16 Air an toraibh aithnichidh sibh iad: an tionail daoine dearcan fìona do dhrisibh, no figeis do na *fothannanaibh?

17 Agus mar sin do bheir gach uile chrann maith toradh maith: ach do bheir an droch chrann droch thoradh.

18 Ni h eudar leis a' chraoibh mhaith droch thoradh iomchar: no leis an droch chraoibh toradh maith a thabhairt.

19 Gach uile chrann nach iomchair toradh maith, gearthar sios è agus tilgear san teine è.

20 Air an àdhbhar sin 's ann air an toraibh dh'aithnicheas sibh iad.

21 Ni h è gach uile neach a deir riumsa, A Thighearna, a Thighearna, a theid a steach do rioghachd nèimh': ach an ti do ni toil m' Atharsa ata air neamh.

22 Is iomadh iad a deir riumsa san là ud, A Thighearna, a Thighearna, nach do rinn sinn a' t ainmse faidheadoireachd? agus a't ainmse nach do thilg sinn amach deamhain? agus a' t ainmse nach do rinn sinn iomadh miorbhuile?

23 Agus ann sin aidmhichidh mise os aird dhoibh, Nior b' aithne dhamh riamh sibh: im'ichibh uam a luchd deanamh na h eacorach.

24 Air an àdhbhar sin, gach uile neach a chluinneas na briathra-sa agamsa, agus a ni iad, samhluichidh mi è re duine glic a thog a thigh air carraig:

25 Agus do † thuirling an ‡ fheurthuinn, agus thainig na tuilte, agus sheid na gaotha, agus do bhuail iad air an tigh ud: agus nior thuit fè, oir bha a bhunadh suidhicht' air carraig.

26 Agus gach uile neach a chluinneas na briathra so agamsa, agus nach coimhlion iad, samhluichear è re duine aimideach a thog a thigh air a' ghaineamh:

27 Agus thuirling an fheurthuinn, agus thainig na tuilte, agus sheid na gaotha, agus bhuail iad air an tigh ud: agus do thuit fè, agus bu mhòr a thuiteam.

28 Agus ‖ tharladh an uair a chriochnaich Iosa na briathra-sa, gu'n do ghabh uathbhas am pobull r'a theagasg-san

29 Oir theagaisg fè iad mar neach aig an raibh § cumhachd, agus

* cluaranaibh. † thainig anuas. ‡ an t uisge. ‖ thachair. § ùghdarras.

agus ni h ann mar na sgriobhuiche.

CAIB. VIII.

2 *Do ghlan Crioſd an lobhar,* 5 *ſhlànuich è ſeirbhiſeach a' Chaiptin cheud,* 14 *màthair-chéile Pheadair,* 16 *agus mòran eile bha fui' ghalaraibh,* 19 *nochd è cionnas is coir è fein a leanmhuinn:* 23 *choiſg ſè an ſtoirm air a' chuan.* 28 *dh'fhògair ſè na deamhain a dias dhaoine air an do ghabh iad ſeilbh;* 31 *agus dh'fhulaing ſè dhoibh dol a ſtigh ſna mucaibh.*

AGUS taireis teachd o'n t ſliabh dha, lean cuideachd mhòr è.

2 Agus fèuch, thainig lobhar, agus thug ſè onoir dha, ag radh, A Thighearna, ma's toil leatſa, is comaſach thu air miſe a ghlanadh.

3 Agus ſhìn Ioſa amach a làmh, agus bhean è ris, ag radh, Ata mi toileach, bi thuſa glan. Agus air ball bha a loibhre air a glanadh.

4 Agus a dubhairt Ioſa ris, Fèuch nach innis thu do dhuine air bith, ach im'ich, taiſbein thu fein do 'n t ſagairt, agus beir chuige an tiodhlacadh a dh' àithin Maois, mar fhiadhnuis dhoibh.

5 Agus air dol do Ioſa ſteach do Chapernaum, thainig d'a ionnſuidh Caiptin cheud, a' guidheadh air,

6 Agus ag radh, A Thighearna, ata m' òglaoch 'n a luidh' a ſtigh am pairilis, *agus* air a phianadh gu ro-iomarcach.

7 A deir Ioſa ris, Thig miſe agus ſlànuichidh mi è.

8 Agus air freagairt do'n Chaiptin a dubhairt ſè, A Thighearna, cha 'n fhiu miſe thuſa a theachd a ſteach fa m' chleith: ach amhàin abair am focal, agus ſlànuichear m' òglaoch.

9 Oir is duine miſe fein ata fui' ùghdarras, aig am bhuil ſaighdfheara fum: agus a deirim ris an fhear ſo, Im'ich, agus im'ichidh ſe: agus ris an fhear ſo eile, Thig, agus thig ſè: agus re m' ſhearbhanta, Dean ſo, agus ni ſè è.

10 Air cluinntin ſo do Ioſa, ghabh ſè iongantas, agus a dubhairt ſè ris a' mhuintir a bha 'g a leantuin, Gu firinneach a deirim ribh, nach d'fhuair mi ereidimh co-mòr as ſo, ann an Iſrael fein.

11 Agus a deirim ribh, gu'n d' thig mòran o 'n àird an ear agus o 'n àird an iar, agus ſuidhidh iad maille re Abraham, agus Iſaac, agus Iacob, ann an Rioghachd neimh'.

12 Ach tilgear clann na rioghachd ann dorchadas ata leith amuigh: bithidh ann ſin gul agus gearradh fhiacall.

13 Agus a dubhairt Ioſa ris a' chaiptin cheud, Im'ich romhad, agus biodh dhuit a reir mar a chreid thu. Agus ſhlànuicheadh a ſhearbhanta air an uair ſin fein.

14 Agus air teachd do Ioſa gu tigh Pheadair, chunnairc ſè màthair a mhnà 'n a luidhe, agus i ann * am fiabhrus.

15 Agus bhean ſè r'a làimh, agus dh'fhàg am fiabhrus i: agus dh'eirich ſi agus rinn ſi frithealadh dhoibh.

16 Agus an uair a bha am feaſcar air teachd, thug iad d'a ionnſuidh mòran ann an raibh deamhain; agus thilg ſè na ſpioruid amach le fhocal, agus ſhlànuich ſè iad uile a bha ea-ſlan:

17 Do chum gu'n coimhlionadh an ni a labhradh le Eſaias am faidh, ag radh, Ghabh eiſean ar n anmhuinneachda air fein, agus dh'iomchair ſè ar n† eaſlaintidh.

* an teaſuich. † galaraidh.

18 Agus an uair a chunnairc Iosa sluagh mòr m'a thimchioll, dh'àithin se dol a sin do'n taoibh eile.

19 Agus thainig sciobhuich' àraidh, agus a dubhairt se ris, A mhaighistir, leanuidh mise thu, ge b'è air bith ball an d'theid thu.

20 Agus a dubhairt Iosa ris, Ata * broclain aig na Sionnaich, agus neid aig èunlaith an aidheir; ach ni 'm bheil aig Mac an duine ionad annan cuir se a cheann fuidh.

21 Agus a dubhairt fear eile d'a dheisciobluibh ris, A Thighearna, leig dhamh-sa im'eachd air tùs agus m'athair adhlacadh.

22 Ach a dubhairt Iosa ris, Lean mise, agus leig leis na mairbh am mairbh fein adhlacadh.

23 Agus air dol dhòsan a steach do'n luing, lean a dheisciobuil è.

24 Agus feuch, dh'eirich stoirm mhòr air an fhairge, ionnas gu'n d'fholaich na tonna an lòng: ach bha eisean 'n a chodal.

25 Agus thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad è, ag radh, A Thighearna, teasairg sinn: ata sinn caillte.

26 Agus a dubhairt se riu, Creud fa 'm bheil sibh eaglach, sibhse air bheag creidimh? Ann sin dh'eirich se agus chronuich se na gaotha agus an fhairge, agus bha ciuineas mòr ann.

27 Ach ghabh na daoine iongantas, ag radh, Creud è ghnè dhuine so, gu bheil na gaotha fein agus an fhairge umhal dha?

28 Agus air teachd dha do'n taoibh eile, gu tìr nan Geirgisineach, thachair dias do dhaoinibh air, ann an raibh deamhain, teachd amach as na tuamaibh. agus *bha iad* ro-gharg, ionnas nach feudfadh duine air bith an t slighe sin a ghabhail.

29 Agus feuch, ghlaodh iad, ag radh, Creud è ar gnothuchne riut, Iosa a Mhic Dhe? An d'thainig thu ann so d'ar pianadh roimh' an àm?

30 Agus bha treud mhòr do mhucaibh am fad uatha, ag inealtradh.

31 Agus dh'iarr na deamhain dh'athchuinge air-sin, ag radh, Ma thilgeas tu amach sinn, leig dhuinn dol san treud mhuc ud.

32 Agus a dubhairt se riu, Im'ichibh. Agus air dol amach dhoibh, chuaidh siad ann san treud mhuc: agus feuch, do ruidh an treud mhuc uile gu dian, sios air ionad † corrach, do'n chuan; agus chailleadh sna h uisgibh iad.

33 Agus theich na buachaillean, agus chuaidh iad do'n bhaile, agus dh'innis iad na nithe-se uile; agus fòs na thachair dhoibhsin ann an raibh na deamhain.

34 Agus feuch, chuaidh am bail' uile amach chum Iosa a chomhlachadh, agus an uair a chunnairc siad è, ghuidh iad air im'eachd as an criochaibh-sin.

CAIB. IX.

2 *Tairis do Chriosd neach air an raibh am pairilis a leigheas,* 9 *Ata se a' gairm Mhatha o bhòrd na cìs,* 10 *ag itheadh maille re cìsmhaoraibh agus peacaichibh,* 14 *a' seasamh pàirt a dheisciobul do bhrigh nach raibh iad a' gnàthuchadh trosgaidh,* 20 *Slànuchadh na mnà air an raibh dòrtadh fola,* 23 *ag togbhail o'n bhàs inghean Iairuis,* 27 *ag tabhairt an radharc do dhias dhall,* 32 *ag slànuchadh an duine bhailbh ann an raibh Deamhan,* 36 *a' gabhail truas mòr do'n t sluagh.*

AGUS air dol ann luing dha, do chuaidh se thar an uisge, agus thainig se d'a bhaile fein.

2 Agus feuch, thug iad d'a ionnsuidh

* tuill. † cas.

ionnſuidh duine air an raibh am pairilis, 'n a luidhe air leabaidh: agus an uair a chunnairc Ioſa an creidimh, a dubhairt ſè re fear na pairilis, Biodh agad deadh mhiſneach, a mhic, ata do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

3 Agus fèuch, a dubhairt dream àraidh do na ſcriobhuichibh ionnta fein, Ata am fear ſo a' labhairt blaiſpheime.

4 Agus air do Ioſa an ſmuaintidh fhaicſin, a dubhairt ſè, Creud fa 'm bhuil fibh a' ſmuainteachadh uilc ann bhur croidhibh?

5 Oir cia is uſadh a radh, Ataid do pheacaidh air am maitheadh dhuit? no a radh, Eirich agus im'ich?

6 Ach a chum gu'm bi fios agaibh gu bhuil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air an talamh, (a deir ſè ann ſin re fear na pairilis) Eirich, tog do leabaidh, agus im'ich do d'thigh.

7 Agus air eirigh dhòſan, chuaidh ſè d'a thigh fein.

8 Ach an uair a chunnairc am pobull *ſin*, ghabh iongantas iad, agus thug iad glòir do Dhia, a thug a leithid ſin a chumhachd do dhaoinibh.

9 Agus ag dol do Ioſa as an àite ſin, chunnairc ſè duine 'n a ſhuidhe aig bòrd na cìſe, d'am b'ainm Matha; agus a dubhairt ſè ris, Lean miſe. Agus air eirigh dha, lèan ſè è.

10 Agus tharladh, air ſuidhe do Ioſa aig biadh ſan tigh, fèuch, thainig mòran phubliocanach agus pheacach, agus ſhuidh iad fios maille ris-ſin agus r'a dheiſciobluibh.

11 Agus an uair a chunnairc na Phairiſich ſin, a dubhairt ſiad r'a dheiſciobluibh, Creud fa'n itheann bhur maighiſdir-ſe maille re publiocanaibh agus peacaichibh?

12 Ach an uair a chual' Ioſa *ſo*, a dubhairt ſè riu, Ni h ann aig a' mhuintir ata ſlàn ata feum air an léigh, ach aig a' mhuintir ata eaſlan.

13 Ach im'ichibh agus fòghlomaibh creud is ciall da ſo, Tròcair is àill leam, agus cha 'n iodhbairt: oir ni 'n d'thainig miſe a ghairm nam fireanach, ach nam peacach chum aithreachais.

14 Ann ſin thainig deiſciobuil Eoin d'a ionnſuidh, ag radh, Creud fa 'm bhuil ſinne agus na Phairiſich a' troſg gu minic, ach ni 'm bhuil do dheiſciobuils' a' troſg?

15 Agus a dubhairt Ioſa riu, Am feudar le cloinn ſeomair an * fhir-nuadh-phòſda bhi brònach, am feadh a bhitheas am fear-nuadh-pòſda 'n am fochair? Ach thig na làith' ann an tiubhrar am fear-nuadh-pòſda uatha, agus ann ſin ni fiad troſgadh.

16 Agus ni 'n cuir duine ſam bith mìor do eadach nuadh air ſean eadach: oir buinidh an ni a chuireadh d'a lionadh ſuas as an eadach, agus nithear † am briſeadh ni is meaſa.

17 Ni mò a chuireas daoine fion nuadh ann an ſean bhuideilibh: no briſear na buideil, agus doirtear am fion, agus caillear na buideil: ach cuiridh fiad fion nuadh am buideilibh nuadha, agus bithidh fiad araon ſlàn.

18 Air dha bhi a' labhairt na nithe-ſe riu, fèuch, do thainig uachdaran àraidh, agus thug ſe onoir dhò, ag radh, Fhuair m'inghean bàs air ball: ach thig-ſe agus cuir do làmh uirre, agus bithidh ſi beo.

19 Agus air eirigh do Ioſa, lean ſè fein agus a dheiſciobuil è.

(20 Agus fèuch, do thainig bean, air an raibh dòrtadh fola rè dhà bhliadhna dheug, air a chùl-

thaobh,

* fhir na bainnſe, † an reubadh.

thaobh, agus bhean sí re iomall eadaich.

21 Oir a dubhairt sí innte fein, Ma bheanas mi ach re eadach, bithidh mi slàn.

22 Ach air tionndadh do Iosa m'an cuairt, chunnairc sè i, agus a dubhairt sè, Inghean, biodh agad deadh mhisneach; shlànuich do chreidimh thu. Agus bha a' bhean slàn o'n uair sin amach)

23 Agus an uair do thainig Iosa gu tigh an Uachdarain, agus a chunnairc se an luchd ciuil, agus a' chuideachd a' deanamh toirm *bhròin*,

24 A dubhairt sè riu, Im'ichibh romhaibh, oir ni 'm bhuil an *nìonag marbh, ach 'n a codal. Agus rinn iad gàire *le fanoid* ris.

25 Ach an uair a chuireadh a' chuideachd amach, chuaidh sè a steach, agus rug sè air làimh uirre, agus dh'eirich an nìonag.

26 Agus chuaidh iomradh sin amach air feadh na talmhain sin uile.

27 Agus an uair a dh'imich Iosa as sin, lean dias dhall è, ag eigheach, agus ag radh, A Mhic Dhaibhi, dean tròcair oirn-ne.

28 Agus an uair a thainig sè a steach do'n tigh, thainig na doill d'a ionnsuidh: agus a deir Iosa riu, Am bhuil sibh a' creidsin gur comasach mise so a dheanamh? A dubhairt siad ris, Ata, a Thighearna.

29 Ann sin bhean sè r' an sùilibh, ag radh, Biodh dhuibh do reir bhur creidimh.

30 Agus dh'fhosgladh an sùile, agus bhagair Iosa gu geur iad, ag radh, Faicibh nach fuigh neach air bith fios air so:

31 Ach air imtheachd dhoibh amach, sgaoil iad a chliù-san air feadh na dùcha sin uile.

32 Agus ag dol dhoibhsin amach, feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine balbh ann an raibh diabhol.

33 Agus taireis do'n diabhol a bhi air a thilgeadh amach, labhair am balbhan: agus ghabh iongantas am pobull, ag radh, Ni 'm facas a' leithid so ann Israel riamh.

34 Ach a dubhairt na Phairisich, Tre phrionnsa nan deamhan ata sè ag tilgeadh amach dheamhan.

35 Agus do ghabh Iosa ma chuairt nan uile † chaithreacha agus bhailte, a' teagasg 'n an sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach uile easlaint, agus ea-cail a' measg a' phobuill.

36 Ach an uair a chunnairc sè an sluagh, ghabh sè truas mòr dhiubh, air son gu'n raibh iad air fannuchadh, agus air an scapadh o chéile, mar chaoraich aig nach bhuil buachaill'.

37 Ann sin a deir sè r'a dheisciobluibh, Gu deimhin is mòr am soghmhar, ach is tearc an luchd oibre.

38 Uime sin guidhibhse air Tighearna an fhoghmhaire, luchd oibre chur amach chum fhoghmhaire fein.

CAIB. X.

1 *'Ta Criosd ag cur amach a dhà Apstol deug, a' toirt cumhachd dhoibh miorbhuile a dheanamh,* 5 *a' toirt òrduigh dhoibh, agus 'g an teagasg,* 16 *a' toirt sòlais doibh ann aghaidh geir-leanmhuin,* 40 *agus a' gealtuin beannachadh do'n droing a ghabhas riu.*

AGUS air gairm a dhà dheisciobul deug d'a ionnsuidh, thug sè cumhachd dhoibh ann aghaidh nan spiorad neamhghlan, d'an

* cailin.

† bhàilte mòr agus beag.

d'an tilgeadh amach, agus a fhlànuchadh gach gnè ea-flaint, agus gach gnè ea-cail.

2 Agus is iad fo ainmeana an dà Apftol deug; an ceud *duine dhiubh*, Simon d'an goirthear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, Seumas *mac* Shebedee, agus Eoin a bhràthair,

3 Philip agus Bartolomeu, Tomas, agus Matha am Publiocanach, Seumas mac Alpheus, agus Lebeus d'an co'-ainm Taddeus,

4 Simon an Cananiteach, agus Iudas Iscariot, an ti fòs a bhraith eifean.

5 Do chuir Iofa an dà-fhear-dheug fo amach, a' tabhairt àithne dhoibh, ag radh, Na gabhaibh gu flighe nan Cinneach, agus na rachaibh a fteach dh'aon bhaile a bhuineas do na Samaritanich.

6 Ach gu ma fearr libh dol dh' ionnfuidh caoraich chaillte thigh' Ifrael.

7 Agus air imtheachd dhuibh, fearmonuichibh, ag radh, Ata rioghachd nèimh' am foguíg.

8 Leighifibh an droing ata tinn, glanuibh na lobhair, dùifgibh na mairbh, tilgibh amach na deamhain: a nafgaidh fhuair fibh, a nafgaidh thugaibh uaibh.

9 Na folairibh òr, no airgiod, no umha ann bhur fporanaibh:

10 No màla chum bhur turais, no dà chòta, no brògan, no bataidh: (oir is fiu am fear oibre a bhiadh).

11 Agus ge b'è air bith caithir no baile an d'theid fibh a fteach, feòraichibh cia ata 'n a dheadh airidh innte; agus fanaibh ann fin no gu 'm fàg fibh an t àite fin.

12 Agus air dol a fteach do thigh dhuibh, beannuichibh dhò.

13 Agus ma's fiu an tigh fin *è*, thigeadh bhur fiothchaint air; ach mar fiu, pilleadh bhur fiothchaint chugaibh fein a-rìs.

14 Agus ge b'è neach nach gabh ribhfe, agus nach eifd bhur briathra: air dol amach as an tigh, no as a' bhaile fin dhuibh, crathaibh dhibh duflach bhur cos.

15 Gu deimhin a deirim ribh, gur fo-iomcharadh a bhitheas ftaid fearainn Shoduim agus Ghomorra, ann la a' bhreitheamhnuis, na ftaid a' bhaile fin.

16 Fèuch, cuirimfe fibhs' amach mar chaoraich a' meafg mhadradh allta: air an àdhbhar fin bithibhfe glic mar na naithreacha, agus neimh-chronail mar na colmain.

17 Ach bithibh air bhur faicill o dhaoinibh, oir bheir iad ann làimh fibh do chomhairlibh, agus fgiùrsfuidh iad fibh 'n an Sionagoguibh.

18 Agus bheirthear fibh ann làthair Uachdarain agus righridh air mo fgàthfa, mar fhia'nais 'n an aghaidh-fin agus nan Geintileach.

19 Ach an uair a bheir iad ann làimh fibh, na biodh è 'n a rochàs oirbh cionnas no creud a labhras fibh, oir bheirthear dhuibh fan uair fin fein an ni a labhras fibh.

20 Oir cha fibhfe a labhras, ach Spiorad bhur n Athar fein a labhras ionnaibh.

21 Agus bheir am bràthair a bhràthair fein fuas chum bàis, agus an t athair a' mac: agus eir'idh a' chlann ann aghaidh am parantaidh, agus bheir iad fainear gu cuirthear chum bàis iad.

22 Agus bithidh fuath aig gach uile dhaoinibh dhuibh air fon m'ainmfe: ach ge b'è bhuanaicheas gus a' chrìch, 's è fo a fhlànuichear.

23 Agus an uair a ni iad geurleanmhuin oirbh fa bhaile fo, teichibh gu baile eile: oir gu deimhin a deirim ribh, Nach imthich fibh timchioll bhailte Ifrael mun d'thig Mac an duine.

24 Ni

24 Ni bhuil an deiſciobul oscionn a mhaighiſdir, no an ſeirbhiſeach os-cionn a thighearna.

25 Is leòir do'n deiſciobul bhi mar a mhaighiſdir, agus do'n t ſeirbhiſeach *bhi* mar a thighearna: ma ghoir ſiad Beelzebub do fhear an tighe, nach mò na ſin *a ghoireas iad è* d'a mhuintir ?

26 Uime ſin na biodh eagal oirbh rompa : oir ni 'm bhuil ni ſam bith folaichte, nach foillſichear ; agus *ni bhuil aon ni* ann ceilt, nach aithnichear.

27 An ni a dh'innſeas miſe dhuibh ſan dorchadas, labhruibh è ſan t ſolus : agus an ni a chluinneas ſibh ſa chluais, ſearmonuichibh è air mullach nan tighean.

28 Agus na biodh eagal na muintir ſin oirbh a mharbhas an corp, ach aig nach bhuil comas an t anam a mharbhadh : ach gu ma mò bhitheas eagal an Ti ud oirbh 'ta comaſach an corp agus an t anam a mhilleadh araon ann ifrinn.

29 Nach bhuil dà * ghealbhonn air an reiceadh air fheoirling ? agus ni 'n tuit a h aon aca air an talamh as eugmhais *freſdeil* bhur n Atharſa.

30 Ach ataid eadhon fuilteine bhur cinn uil' air an àireamh.

31 Air an àdhbhar ſin na biodh eagal oirbh, is fearr ſibhſe na mòran ghealbhonn.

32 Uime ſin ge b'è dh'aidmhicheas miſe am fiadhnuis dhaoine, aidmhichidh miſe eiſean mar an ceudna am fiadhnuis m' Athar ata air neamh.

33 Ach ge b'è dh'àichſheunas miſe am fiadhnuis dhaoine, àichſheunaidh miſe eiſean am fiadhnuis m'Athar ata air neamh.

34 Na meaſuibh gu'n d'thainig miſe a chur ſiothchaint air an talamh : ni h ann a chur ſiothchaint thainig mi, ach *a chur* cloidheamh.

35 Oir do thainig mi a chur duine ann aghaidh athar, agus na h inghin ann aghaidh a màthar, agus bean a' mhic ann aghaidh a màthar-chéile.

36 Agus is iad muintir a theaghlaich fein *a bhitheas* 'n an naimhdibh do dhuine.

37 Ge b'è ghràdhuicheas athair no màthair ni is mò na miſe, cha † 'n airidh orm è : agus ge b'è ghràdhuicheas mac no inghean os mo chionn-ſa, cha 'n airidh orm è :

38 Agus an ti nach glac a chrann ceuſda, agus nach lean miſe, cha 'n fhiu è miſe.

39 Ge b'è gheibh anam, caillidh ſè è : agus ge b'è chailleas anam air mo ſhonſa, gheibh ſè è.

40 An ti a ghabhas ribhſe, gabhaidh ſè riumſa ; agus ge b'è ghabhas riumſa, gabhaidh ſè ris an ti a chuir uaith' mi.

41 An ti a ghabhas re fàidh ann ainm fàidh, gheibh ſè duais fàidh; agus ge b'è ghabhas re firean ann ainm firein, gheibh ſè duais firein.

42 Agus ge b'è bheir cupan dh'uiſge fuar amhàin r'a òl dh'aon neach do na daoinibh beaga ſo, ann ainm deiſciobuil, gu deimhin a deirim ribh, nach caill ſè air chor ſam bith a † luigheachd.

CAIB. XI.

2 *'Ta Eoin ag cur a dheiſciobul dh'ionnſuidh Chriofd, 7 Fiadhnuis mu thimchioll Eoin,* 18 *Bar'ail a' phobuill, araon mu thimchioll Eoin agus Chriofd,* 20 *'Ta Criofd a' cronuchadh, mi-thaingealachd, agus mi-aithreachas Bhethſaida, Chorafin, agus Chapernaum :* 25 *agus ag cliuthachadh gliocais Athar a dh'fhoillſich an Soiſgeul do dhaoinibh ſimplidh,* 28 *tha*

* ſparais.

† 'n fhiu è miſe. ‡ dhuais.

è gairm d'a innſuidh a' mhuintir aig am bheil mothuchadh air uallach am peacaidh.

AGUS tharladh, an uair do chriochnuich Ioſa àitheanta a thabhairt d'a dhà dheiſciobul deug, gu'n d'imthich ſè as ſin a theagaiſg agus a ſhearmonuchadh 'n am bailtibh.

2 'Noiſe an uair a chual' Eoin ſa phrioſun gniomhartha Chrioſd, chuir ſè dias d'a dheiſciobluibh *d'a ionnſuidh*,

3 Agus a dubhairt ſè ris, An tuſa an ti ud a bha re teachd, no am bi ſùil aguinn re neach eile?

4 Do fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Imthichibh agus innſibh do Eoin na nithe ata ſibh ag cluinntin agus a' faicſin:

5 Ataid na doill ag faghail an radhairc, agus na bacaich ag imtheachd, ataid na lobhair air an glanadh, agus na bothair ag cluinntin, ata na mairbh air an dùſgadh, agus an ſoiſgeul air a ſhearmonach' do na bochduibh.

6 Agus is beannuicht' an ti nach fuigh oilbheum ionnamſa.

7 Agus air imtheachd dhoibhſin air falbh, thòſaich Ioſa air labhairt ris an tſluagh mu thimchioll Eoin, *ag radh*, Creud è an ni a chuaidh ſibh amach do'n fhàſach a dh'fhaicſin? an i cuilce air a crathadh le gaoith?

8 Ach creud è an ni a chuaidh ſibh amach d'a fhaicſin? *an è* duine air a ſgeuduchadh ann an eadach mìn? fèuch, a' mhuintir ata caitheamh eadaich mhìn, is ann an tighibh righridh ata ſiad.

9 Ach creud è an ni a chuaidh ſibh amach d'a fhaicſin? *An è* faidh? ſeadh, deirim ribh, agus neach is mò na fàidh.

10 Oir is è ſo an ti mu 'm bhuil è ſcriobht', Fèuch, cuirim-ſe mo theachdaire roimh do ghnuis, neach a dh'ullmhuicheas do ſhlighe romhad.

11 Gu deimhin a deirim ribh, A'meaſg na muintir ſin a rugadh le mnaibh, nach d'eirich neach a's mò na Eoin Baiſde: gidheadh, an ti ſin is lugha ann rioghachd nèimh', is mò è na eiſean.

12 Agus o laithibh Eoin Baiſde, gus a noiſe, ata rioghachd nèimh' a fulang ainneart, agus luchd na h ainneart 'g a glacadh le làmhachas làidir.

13 Oir do rinu na fàidhe uile, agus an lagh fàidheadoireachd gu *àm* Eoin.

14 Agus ma 's toil libh a ghabhail, is è ſo Elias a bha chum teachd.

15 Ge b'è aig am bhuil clua ſan chum eiſdeachd, eiſdeadh è.

16 Ach cia ris a fhamhluicheas miſe an ginealach ſo? Is coſmhal è re cloinn a ſhuidheas ann ſna marguibh, agus ag eigheach r' an companachaibh,

17 Agus ag radh, Rinn ſinne piobaireachd dhuibhſe, ach cha do rinn ſibhſe damhſa *dhuinne:* rinn ſinne caoine dhuibhſe, ach ni 'n d'rinn ſibhſe gul.

18 Oir thainig Eoin ni h ann ag itheadh no'g òl, agus a deir ſiad, Ata deamhan aige.

19 Do thainig Mac an duine ag itheadh agus ag òl, agus a deir ſiad, Fèuch, duine geòcach agus pòtair fiona, caraid nam puibliocanach agus nam peacach: ach ata gliocas air a fireunachadh leis a cloinn.

20 Ann ſin * thionnſgain ſè achmhaſan a thabhairt do na bailtibh ann ſa mò a rinneadh d'a oibribh cumhachdach', air ſon nach do rinn ſiad aithreachas.

21 Is an-aoibhinn duit, a Choraſin, is an-aoibhinn duit, a Bhethſaida: oir nam biodh na h oibridh

† C cumh-

* thòſaich ſè air.

cumhachdach' a rinneadh ionnuibhſe, air an deanamh ann an Tirus agus ann an Sidon, is fada o 'n a dheanadh iad aithreachas ann an ſaic-eadach agus ann luaith.

22 Ach a deirim ribh, Gu'm bi ſtaid Thiruis agus Shidoin ni's ſoiomchair' ann là a' bhreitheamhnais, na *bhitheas* bhur ſtaid-ſe.

23 Agus thus' a Chapernaum, ata air do thogbhail ſuas gu neamh, tilgfear ſios gu h ifrinn thu: oir nam biodh na h oibridh cumhachdach' a rinneadh ionnadſa, air an deanamh ann an Sodom, dh' fhanadh è *gun a ſgrios* gus an diu.

24 Ach a deirim ribh, gur ſoiomchair' a bhitheas è do luchd dhùthcha Shodoim ann là a' bhreitheamhnuis, na dhuitſe.

25 Ann ſan àm ſin fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè, Bheirim buidheachas dhuit, o Athair, a Thighearna nèimh' agus talmhain, air ſon gu d' fholuich thu na nithe ſin o dhaoinibh eagnuidh agus tuigſeach, agus gu d' fhoillſich thu iad do leanbuibh.

26 A ſeadh, Athair, do bhrigh gur a b'ann mar ſin a bha do dheadh thoilſe.

27 Ata gach uile nithe air an tabhairt thairis dhamh-ſa o m'Athair: agus ni h aithneadh do neach air bith a' Mac ach an t Athair: ni mò is aithne do neach air bith an t Athair, ach a' Mac, agus gach aon d'an àill leis a' Mhac fhoillſicheadh.

28 Thigibh a' m'ionnſuidhs' uile ata re ſaothair, agus fui' throm uallaich, agus bheir miſe * ſuaimhneas dhuibh.

29 Gabhuibh mo chuing oirbh, agus fòghlomaibh uam, oir ata miſe macant' agus † umhal ann croidhe: agus gheibh ſibh fois d'ar n anmaibh.

30 Oir ata mo chuingſe ſoiomchar, agus ata m'uallach eatrom.

CAIB. XII.

1 *Ata Crioſd a' cronuchadh doille nam Phairiſeach mu thimchioll briſeadh na ſàbaid'* 3 *le ſcriobtuiribh,* 11 *le reaſon,* 12 *le miorbhuil'.* 22 *Ata è ſlànuch' an duine dhoill agus bhailbh, ann an raibh deamhan.* 31 *Ni 'm fuighear maitheamhnas ann am blaiſphemz ann aghaidh an ſpioraid naoimh a choidhch'.* 36 *Theid cunntas a thabhairt ſeachad mu fhoclaibh diomhaoin.* 38 *Ata ſè ag cronuchadh dhaoine anacreidmheach, ata 'g iarruidh comharthaidh,* 39 *agus ag nochdſa'co iad a bhràthair, a phiuthar, agus a mhàthair.*

DO chuaidh Ioſa fa'n àm ſin air là na Sàbaid' tre ‡ na gortaibh arbhair, agus bha a dheiſciobuil air ocras, agus thòſaich iad air diaſaidh arbhair a bhuain, agus itheadh.

2 Ach an uair a chunnairc na Phairiſich ſo, a dubhairt ſiad ris, Fèuch, ata do dheiſciobuil a' deanamh a' ni nach còir a dheanamh air là na Sàbaid'.

3 Agus a dubhairt eiſean riu, Nach do leugh ſibhſe creud a rinn Daibhi an uair a bha ocras air fein, agus air a' mhuintir a bha maille ris,

4 Cionnas a chuaidh ſè ſteach do thigh Dhe, agus a dh'ith ſè §'aran na fia'nais, nach raibh ceaduicht' dha fein itheadh, no dhoibhſin a bha maille ris, ach do na ſagartaibh amhàin?

5 No nach do leugh ſibh ſan lagh, gu bhuil na ſagairt ann ſan teampull air laithibh na Sàbaid' a' briſeadh na Sàbaid', agus iad neimhchiontach?

6 Ach a deirimſe ribh, gu bhuil ſan ionad ſo *neach* a's mò na 'n teampull.

7 Agus

* fois. † irioſal. ‡ na h achaibh. § an t aran taiſbeanta.

7 Agus nam biodh fhios agaibh creud is ciall da so. Tròcair is àill leam agus ni h iobairt, cha dìteadh fibh an dream ata neimh-chiontach.

8 Oir is è Mac an duine Tigh-earna na Sàbaide fein.

9 Agus air dha imtheachd as sin, chuaidh sè steach d'an Sionagog.

10 Agus fèuch, bha duine ann, aig an raibh làmh sheargt: agus dh'fheòruich iad dheth, ag radh, Am bheil è ceaduicht' leigheas a dheanamh air laithibh na Sàbaid'? chum gu'm biodh cùis dhìte' aca dha.

11 Agus a dubhairt eisean riu, Cia agaibhs' an duine, aig am bi aon chaor', agus ma thuiteas i ann an sloc air là na Sàbaid', nach beir è uirre, agus nach tog è nios i?

12 Nach mòr m'ata is fearr duine na caora? Uime sin ata è ceaduicht' maith a dheanamh air laithibh na Sàbaid.'

13 Ann sin a dubhairt sè ris an duine, Sìn amach do làmh: agus shìn è 'mach i; agus do bhi si air a h aiseag slàn, mar an *làmh* eile.

14 Ann sin chuaidh na Phairisich amach, agus chum iad comhairle 'n a aghaidh, cionnas a dh'fheudadh iad a mhilleadh.

15 Ach an uair a thuig Iosa *so*, dh'imthich sè as sin: agus lean sloigh mhòr è, agus leighis sè iad uile,

16 Agus thug è sparra' dhoibh chum nach deanadh iad follus è:

17 Do chum gu coi'-lionadh an ni a labhradh le Esaias am faidh, ag radh,

18 Fèuch, mo sheirbhiseach fein do thagh mi, m'aon gràdhach d'am bheil toil mhòr aig m'anam: cuirfidh mi mo Spiorad fein air, agus nochdfuidh sè breitheamhnus do na cinneachaibh.

19 Ni 'n dean sè strì', agus ni 'n glaodh sè, ni mò a chluinneas neach air bith a ghuth air na sràidibh.

20 Ni 'm bris sè a' chuilc bhrùite, agus ni mùch sè an lion as am bi deatach, gus an tabhair sè 'mach breitheamhnus chum buaidh.

21 Agus is ann a ainmsin a bhitheas muinighin aig na Geintileachaibh.

22 Ann sin thugadh d'a ionnsuidh-sin duine ann an raibh deamhan, *a bha* dall agus balbh: agus shlànuich sè è, ionnas gur labhair am balbhan agus gu'n raibh an dall a' faicsin.

23 Agus ghabh iongantas am pobull uile, agus a dubhairt siad, Nach è so Mac Dhaibhi?

24 Ach an uair a chuala na Phairisich *so*, a dubhairt siad, Ni 'm bheil *am fear* so tilgeadh amach dheamhan, ach trid Bheelsebub prionnsadh nan diabhal.

25 Agus thuig Iosa an smuaintidh, agus a dubhairt sè riu, Gach rioghachd 'ta roinnte 'n a h aghaidh fein, nithear 'n a fasach i: agus gach uile bhaile no tigh 'ta roinnte 'n a aghaidh fein, ni 'n seasamh sè.

26 Agus ma thilgeas Satan amach Satan, ata sè roinnte 'n a aghaidh fein; air an àdhbhar sin cionnas a dh'fhanas a rioghachd 'n a seasamh?

27 Agus ma 'taimse trid Bheelsebub ag tilgeadh amach dhiabhal, trid co am bhuil bhur clann-sa 'g an tilgeadh amach? Uime sin bithidh siad oirbh 'n am breithibh:

28 Ach ma's ann le Spiorad Dhe ata mise a' tilgeadh amach dhiabhal, thainig rioghachd Dhe chugaibhse gu deimhin.

29 No cionnas is comasach dh'aon neach dol gu tigh duine làidir agus airneis a thighe a chreach', mur ceangail sè air tùs an duine làidir? agus ann sin creachaidh sè a thigh.

30 Ag

30 An ti nach bhuil leam, ata fè a'm' aghaidh: agus an ti nach cruinnich leam, fcapuidh fè am fad.

31 Air an àdhbhar fin a deirim ribh, Gu maithear gach peacadh agus gach blaifpheme do dhaoinibh: gidheadh ni maithear blaifpheme *ann aghaidh* an Spioraid *Naoimh* do dhaoinibh.

32 Agus ge b'è neach a labhras focal ann aghaidh Mhic an duine, maithear dha è: ach ge b'è neach a labhras ann aghaidh an Spioraid Naoimh, ni maithear dha è, ann fan t faoghal fo, no ann fan t faoghal ata chùm teachd.

33 An dara cuid deanuibh a' chraobh maith, agus a toradh maith; no deanuibh a' chraobh truaillidh, agus a toradh truaillidh: oir is aun air a toradh a dh'aithnichear a' chraobh.

34 O fhiol nan naithreacha nimhe, cionnas a dh'fheudar libh nithe maith' a labhairt, o ata fibh fein olc? oir is ann a pailteas a' chroidhe a labhras am beul.

35 Bheir duine maith amach nithe maithe a deadh ionmhas a chroidhe: agus bheir an droch dhuin' amach droch nithe as a dhroch ionmhas.

36 Ach a deirim ribh, Gu'n tabhair daoine cunntas ann là bhreatheamhnuis, air fon gach focail dhiomhaoin a labhras iad.

37 Oir is ann as t fhoclaibh a fhaorthar thu, agus is ann as t fhoclaibh a dhìtear thu.

38 Ann fin fhreagair dream àraidh do na fcriobhuichibh agus do na Phairifichibh, ag radh, A mhaighifdir, bu mhiann leinn comhartha fhaicfin uait.

39 Ach air freagairt dha-fan, a dubhairt fè riu, Ata ginealach olc agus adhaltranach ag iarruidh comharthaidh, agus ni 'n tiubhrar comhartha dhoibh, ach comharth' an fhàidh Ionais.

40 Oir mar a bha Ionas am broinn na muice-mara tri laithe agus tri oidhche: is mar fin a bhitheas Mac an duine ann croidhe na talmhain tri laithe agus tri oidhche.

41 Eir'idh muintir Nineve fa bhreitheamhnas maille ris a' ghinealach fo, agus dìtidh fiad è; oir rinn fiad aithreachas aig fearmoin Ionais, agus fèuch, *ata* neach a's mò na Ionas ann fo.

42 Eir'idh banrioghan an àirde deas fa bhreitheamhnas maille ris a' ghinealach fo, agus dìtidh fi è: oir thainig fi o na h àitibh a's iomallaich' do'n talamh dh'eifdeachd gliocais Sholaimh, agus fèuch, *ata* neach a's mò na Solamh ann fo.

43 Taireis do'n Spiorad neimhghlan dol amach a duine, imthichidh fè tre ionadaibh tiorma, ag iarruidh fois, agus ni 'm fuigh fè.

44 Ann fin a deir fè, Pillidh mi do m'thigh as an d'thainig mi; agus air teachd dha, gheibh fè folumh, fguabt', agus deadh-mhaifeach *è*.

45 Imthichidh fè ann fin, agus bheir fè feachd Spioraid eile a's measa na è fein leis, agus theid iad a fteach agus gabhuidh fiad comhnuidh ann fin: agus bithidh ftaid dheireannach an duine fin ni 's measa na a thoifeach. Is ann eadhon mar fin a * tharlas do'n ghinealach aingidh fo.

46 Agus air dha bhi fòs a' labhairt ris a' phobull, fèuch, do fheas a mhàthair agus a bhràithre amuigh, ag iarruidh labhairt ris.

47 Ann fin a dubhairt neach eigin ris, Fèuch, ataid do mhàthair, agus do bhràithre 'n fan feafamh amuigh, ag iarruidh labhairt riut.

48 Ach air freagairt dha-fan

* thachaireas.

a dubhairt sè ris an ti a dh'innis *so* dha, Co i mo mhàthair ? agus co iad mo bhràithre ?

49 Agus air sìneadh a làimhe chum a dheisciobul, a dubhairt sè, Fèuch mo mhàthair, agus mo bhràithre.

50 Oir ge b'è neach a ni toil m' Athars' ata air neamh, is è sin fein mo bhràthair, mo phiuthar, agus mo mhàthair.

CAIB. XIII.

Cosamhlachd an t sioladoir agus an t sìl, 18 *air na eidir-mhìneachadh.* 24 *Parabla an t sìl-mhustaird,* 33 *na làibhin,* 44 *an ionmhais sholaicht',* 45 *na neamhnuid' :* 47 *An lin air na thilge sa chuan:* 53 *Agus cionnas a rinneadh tàir air Crioso le muintir a dhùthcha fein.*

AIR an là sin sein chuaidh Iosa amach as an tigh, agus shuidh sè re taoibh na fairge.

2 Agus do chruinnich sluagh mòr d'a ionnsuidh, air chor as air dol a steach do luing dha, gur shuidh sè, agus do sheas an sluagh uil' air an tràigh.

3 Agus labhair sè mòran do nithibh riu * am parablaibh, ag radh, Fèuch, do chuaidh Sioladoir amach a chur *sìl.*

4 Agus ag cur *an t sìl* da, thuit cuid dheth re taoibh an ròid, agus thainig na h èunlaith agus dh'ith siad è.

5 Do thuit cuid air ionadaibh clochach, far nach raibh aige mòran talmhain: agus air ball dh'fhàs sè suas, do bhrigh nach raibh doimhneachd talmhain aige :

6 Ach air eirigh do'n ghréin dhothadh è, agus air son nach raibh freamh aige, shearg sè as.

7 Agus do thuit cuid a' measg droighinn : agus dh'fhàs an droighionn suas agus mhùch sè è.

8 Ach thuit cuid eile *dheth* am fearann maith, agus thug sè toradh amach, cuid a cheud uiread, cuid a thri fichid, cuid a dheich 'ar fhichid uiread *'s a chuireadh.*

9 Ge b'è neach aig am bhuil cluasa chum eisdeachd, eisdeadh è.

10 Agus thainig a dheisciobuil, agus a dubhairt siad ris, C'ar son ata thu a' labhairt riu ann cosamhlachduibh ?

11 Air freagairt dha-san a dubhairt sè riu, Do bhrigh gu'n d'thugadh dhuibhse eòlas a bhi agaibh air rùn diomhair rioghachd nèimh', ach dhoibhsin ni 'm bheil so air a thabhairt.

12 Oir ge b'è neach aig am bheil, dha-san bheirthear, agus bithidh aige an tuille' pailteis : ach ge b'è neach aig nach bhuil, uaithe-sin bheirthear eadhon an ni ata aige.

13 Uime sin ataims' a' labhairt riu am parablaibh : do bhrigh air dhoibh faicsin ni 'm faic siad, agus ag cluinntin ni 'n cluinn siad, agus ni mò a thuigeas iad.

14 Agus ionnta-sa 'ta saidheadoireachd Esaias air a coimhlionadh, ata 'g radh, Le h eisdeachd cluinnidh sibh, agus ni 'n tuig sibh ; agus le faicsin chi sibh, agus ni 'n aithnich sibh.

15 Oir ata croidhe a' phobuill so air fàs reamhar, agus an cluasan mall chum eisdeachd, agus do dhruid siad an sùile ; t eagal uair air bith gu 'm faiceadh iad le 'n sùilibh, agus gu'n cluinneadh iad le 'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le 'n croidhe, agus gu'm biodh iad air an iompochadh, agus gu'n slànuichinns' iad.

16 Ach is beannuicht' bhur sùile-se, oir ata iad a' faicsin ; agus bhur cluasa, oir ata siad a' cluinntin.

17 Oir a deirim ribh gu firineach, Gur b' iomadh saidhe, agus sireanaidh ler bu mhiann na nithe-

* ann comhadaibh.

nithe-sefhaicsin ata sibhs' a' faicsin, agus ni 'm fac' siad *iad:* agus na nithe-s' chluinntin ata sibhs' ag cluinntin, agus ni'n cuala siad.

18 Air an àdhbhar sin eisdibh re cosamhlachd an t sioladoir.

19 Coimh-thric as a chluinneas neach focal na rioghachd, agus nach tuig sè è, thig an droch *spiorad*, agus bheir sè air falbh an ni do chuireadh 'n a chroidhe: is è so eisean ann do chuireadh an siol re taoibh an ròid.

20 Ach eisean a fhuair siol ann an àitibh clochach, 's è so an ti a chluinneas am focal, agus a ghabhas è air ball le gàirdeachas:

21 Gidheadh ni 'm bhuil freamh aige ann fein, ach fanuidh se rè tamuill: agus an uair a thig triobloid no geur-leanmhuin air son an fhocail, air ball do gheibh sè oilbheum.

22 Eisean mar an ceudna a ghabh siol a' measg an droighinn, is è so an ti ata cluinntin an fhocail: agus ata ro-chùram an t saoghailse, agus mealltaireachd beartais a' mùchadh an fhocail, agus bithidh sè gun toradh.

23 Ach an ti ud a ghabh siol ann an deadh-fhearann, 's è sin an neach ata cluinntin an fhocail, agus 'g a thuigsin, neach mar an ceudna 'ta giulan toraidh, agus ata tabhairt amach cuid a cheud uiread, cuid a thri fichid, agus cuid eile a dheich thar fhichid uiread '*s a ckuireadh*.

24 Do chùir sè cosamhlachd eile amach dhoibh, ag radh, Is cosmhuil rioghachd nèimhe re duine a chuir siol maith ann a fhearann:

25 Agus an uair a bha daoine 'n an codal, thainig a nàmhaid agus chuir sè cogal a' measg a' chrui'neachd, agus dh'imthich sè roimhe.

26 Ach an uair a thainig an t arbhar fui' dhèis, agus a thug sè amach a thoradh, dh'fhoillsich an cogal è fein mar an ceudna.

27 Agus air teachd do sheirbhiseachaibh fhir-an-tighe, a dubhairt siad ris, A Thighearna, nach do chuir thusa siol maith ann a t fhearann? c' àite ma seadh as an d'fhuair sè an cogal?

28 A dubhairt eisean riu, Rinn nàmhaid éigin so. Agus a dubhairt na seirbhisich ris, An àill leat uime sin gu 'n teid sinne agus gu 'n cruinnich sinn r'a chéile iad?

29 Ach a dubhairt eisean *riu*, Ni h àill; air eagal ag cruinneachadh a' chogail duibh, gu spion sibh an crui'neachd maille ris.

30 Leigibh leo fàs araon gus *an d'thig* am foghmhar: agus ann àm an fhoghmhaire a deir mise re m' luchd-buanaidh, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceangluibh è 'n a * phunnanuibh chum a losgaidh: ach cruinnichibh an crui'neachd do m' † sgiobol.

31 Do chuir sè amach cosamhlachd eile dhoibh, ag radh, Ata rioghachd nèimhe cosmhuil re gràinne do shiol mustaird, a ghabh neach agus a chuir sè 'n a fhearann.

32 Ni is è gun amharas a 's lugha do na h uile ‡ phòr: gidheadh air fàs da, 's è a's mò do na luibheannaibh, agus fàsuidh sè 'n a chrann: ionnas gu'n d'thig èunlaith an aidhir, agus gu'n dean iad neid ann a gheugaibh.

33 Cosamhlachd eile labhair sè riu, Is cosmhuil rioghachd nèimhe re làbhuin, a ghabh bean agus a dh'fholaich si ann tri miosairibh mine, gus an do ghabh an t iomlan an làbhuin.

34 Na nithe sin uile labhair Iosa ris a' phobull am parablaibh, agus gun pharabla ni 'n do labhair è riu:

35 Do

* thrusaichibh. † shabhal. ‡ 10s.

35 Do chum gu coimh-lionadh an ni a dubhradh leis an fhàidh, ag ràdh, Foſglaidh mi mo bheul am parablaibh, cuirfidh mi 'n ceill nithe a bha folaicht' * o thoiſeach an t ſaoghail.

36 Ann ſin chuir Ioſa am pobull air falbh, agus chuaidh ſè ſteach do'n tigh: agus thainig a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, ag ràdh, Mìnich dhuinne coſamhlachd cogail an fhearainn.

37 Agus air freagairt dha-ſan, a dubhairt ſè riu, An ti a chuireas an ſiol maith 's è Mac an duine è:

38 'S è 'm fearann an domhan: agus 's è an siol maith clann na rioghachd: ach 's è an cogal clann an droch *ſpioraid:*

39 'S è an nàmhaid a chuir iad an diabhol: 's è am foghmhar deireadh an t ſaoghail: agus 's iad na buanaichean na h aingil.

40 Agus amhail mar a chruinnichear an cogal, agus a loiſgear le teine è; is ann mar ſin a bhitheas ann deireadh an t ſaoghail ſo.

41 Cuirfidh Mac an duine Aingil uaith' amach, agus tionailidh iad as a rioghachd na h uile nithe a bheir oilbheum, agus iadſan ata deanamh aingidheachd;

42 Agus tilgidh ſiad iad ann an àmhuinn air dearg-laſadh: ann ſin bithidh gul agus gìoſgan fhiacall.

43 Dealruichidh na fìreanaidh an t ann ſin mar a' ghrian, ann rioghachd an Athar fein. Ge b'è aig am bheil cluaſa chum eiſdeachd, eiſdeadh è.

44 A-rìs, ata rioghachd nèimhe coſmhuil re ionmhas air fholach am fearann: ni taireis fhaghail, a dh'fholaich duine, agus a thaobh a ghàirdeachais air a ſhon, dh'imthich ſè agus reic ſè na bha aige uile, agus cheannuich ſè am fearann ſin.

45 A-rìs, is coſmhuil rioghachd nèimh' re ceannuiche àraidh, 'ta 'g iarruidh † chlocha uaiſle:

46 Neach air ‡ amas da air aon neamhnuid ro-luachmhor, dh'imthich ſè agus reic ſè na bha aige, agus cheannuich ſè i.

47 A-rìs, ata rioghachd nèimhe coſmhuil re lion air a thilgeadh ſan fhairge, agus a chruinnich do gach uile ſheòrta *éiſg:*

48 Ni air dha bhi làn, do tharruing *na h iaſgairidh* chum na tràighe, agus air ſuidhe dhoibh, chruinnich iad na *h éiſg* mhaithe ann ſoithichibh, ach do thilg ſiad na droch *éiſg* amach

49 Is mar ſin a bhitheas ann deireadh an t ſaoghail: theid na h Aingil amach, agus dealuichidh iad na droch-dhaoine o mheaſg nam fìreanach;

50 Agus tilgidh ſiad iad ſan àmhuinn theintich: ann ſinn bithidh gul agus gìoſgan fhiacall.

51 A deir Ioſa riu, 'Ndo thuig ſibh na nithe ſo uile? a deir ſiad ris, Thuig, a Thighearna.

52 Agus a dubhairt eiſean riu, Air an àdhbhar ſin gach uile ſcriobhuich' ata fòghlomt' chum rioghachd nèimh', is coſmhuil è re fear-tighe, a bheir amach as ionmhas nithe nuadh agus ſean.

53 Agus ‖ tharladh an uair a chriochnuich Ioſa na parabail ſo, gu'n d'imthich ſè as ſin.

54 Agus an uair a thainig ſè d'a dhùthaich fein, theagaiſg ſè iad 'n an Sionagog, ionnas gur ghabh iongantas iad, agus gu'n dubhairt ſiad, C'àit' an d'fhuair am fear ſo an gliocas ſo, agus na feartan ud?

55 Nach è ſo mac an t ſaoir? nach è ainm a mhàthar Muire? nach iad a bhràithre, Seumas, agus

* o leagadh bunaite an domhain. † neamhnuide priſeil. ‡ airmſeachd. ‖ thachair.

gus Ioſes, agus Simon, agus Iudas?

56 Agus a phearaiche, nach 'eil iad uile maille ruinn? c'ait' uime ſin an d'fhuair an duine ſo na nithe ud uile?

57 Agus fhuair iad oilbheum ann. Ach a dubhairt Ioſa riu, Ni 'm bhuil faidh gun onoir, ach 'n a dhùthaich fein, agus 'n a thigh fein.

58 Agus ni 'n d'rinn ſe mòran dh' oibribh cumhachdach' ann ſin, air ſon am mi-chreidimh.

CAIB. XIV.

1 *Bar'ail Ioraith mu thimchioll Chrioſd,* 3 *C'ar ſon a chuaidh an ceann a bhuntain dh'Eoin Baiſde.* 13 *Chuaidh Ioſa gu ionad fàs'ail,* 15 *far an do bheathuich ſe cuig mìle fear le cuig aranaibh, agus dà iaſg.* 22 *Dh'imthich ſe air a' chuan dh'ionnſuidh a dheiſciobul;* 34 *agus air dha teachd air tìr aig Genneſaret, ſhlànuich ſe an droing a bha tinn le iad a bheantuin re h iomall eadaich.*

FA 'n àm ſin do chual' Ioraith an Tetrarch cliu Ioſa,

2 Agus a dubhairt ſe r'a ſheirbhiſeachaibh, 'S è ſo Eoin Baiſde, dh'eirich ſe o na marbhuibh, is uime ſin ataid feartan air an oibriuchadh leis.

3 Oir air glacadh Eoin do Ioraith, cheangail ſe è, agus thilg ſe am prioſun è air ſon Herodiais, mna Philip a bhràthar fein.

4 Oir a dubhairt Eoin ris, Ni 'm bheil è dligheach dhuit a bi agad.

5 Agus an uair bu mhiann leis a chur gu bàs, bha eagal a' phobuill air, oir bha meas fàidh' aca air.

6 Ach an uair a bha co'-ainm la-breithe Ioraith air a ghleidheadh, rinn Inghean Herodiais damhſa 'n an làthair, agus thaitin ſi re h Ioraith.

7 Ionnas gur gheall ſe le mionnaibh, gu tiubhradh ſe dh'i ge b'è air bith ni a dh'iarradh i.

8 Agus air dh'iſe bhi air a teagaſg leis a màthair roimh-làimh, a dubhairt ſi, Tabhair dhamh ann ſo ceann Eoin Baiſde air Mèis.

9 Agus bha 'n righ doilich: ach air ſon a mhionn', agus na muintir a bha 'n an ſuidh' aig biadh maille ris, dh'àithin ſe a thabhairt *d'i.*

10 Agus air cur *fir marbhaidh* uaithe, bhuin ſe a cheann dh'Eoin ann ſa phrioſan.

11 Agus thugadh a cheann air mèis, agus thugadh do'n chailin è: agus thug iſe d'a màthair *è.*

12 Agus thainig a dheiſciobuil, agus thug iad a chorp leo, agus dh'adhlaic iad è, agus thainig iad agus dh'innis iad *ſin* do Ioſa.

13 An t ann do chual' Ioſa *ſo,* chuaidh ſe as ſin air luing gu ionad fàs'ail air leth: agus an uair a chual' am pobull *ſin,* lean iad d'an cois è as na bailtibh.

14 Agus air dol amach do Ioſa, chunnairc ſe comhthional mòr, agus ghabh ſe trùas mòr dhiubh, agus ſhlànuich ſe an droing aca bha eaſlan.

15 Agus an uair a b'fheaſcar è, thainig a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, ag radh, 's àite fas'ail ſo, agus ata an t àm anois air dol ſeachad; cuir an fluagh air falbh, chum as gu'n teid iad do na bailtibh, agus gu'n ceannuich ſiad biadh dhoibh fein.

16 Ach a dubhairt Ioſa riu, Cha ruig iad a leas falbh, thugaibhſe dhoibh r'a itheadh.

17 Agus a dubhairt ſiad ris, Ni 'm bheil againne ann ſo ach cuig * arain, agus dà iaſg.

18 A dubhairt eiſean *riu,* Thugaibh ann ſo iad do m' ionnſuidhs'.

19 Agus dh'àithin è do'n t fluagh ſuidhe ſios air an fheur, agus ghlac ſe na cuig arain, agus an dà iaſg, agus air amharc dha ſuas gu neamh, bheannuich agus bhris ſe, agus thug ſe na h arain d'a dhei-

* builionn,

dheiſciobluibh, agus *thug* na deiſciobuil do 'n t ſluagh *iad*.

20 Agus dh'ith ſiad uile, agus ſhàſuicheadh iad: agus thog iad làn dà-chliabh-dheug do 'n bhiadh bhriſt', *a bha* dh'fhuighleach *aca*.

21 Agus bha iadſan a dh'ith mu thimchioll cuig mìle fear, thuilleadh air mnaibh agus air cloinn.

22 Agus air ball choimh-éignich Ioſa a dheiſciobuil gu dol ann luing, agus dol roimhe do'n taoibh eile, gus an cuireadh eiſean am pobull air falbh.

23 Agus an uair do leig ſè am pobull uaithe, chuaidh ſè ſuas air ſliabh 'n a aonar a dheanamh ùrnuigh: agus an uair a bha am feaſcar air teachd, bha ſè ann ſin 'n a aonar.

24 Ach bha an lòng fa 'n àm ſin a' meadhon na fairge, air a tilgeadh a nunn agus a nall leis na tonnaibh: oir bha a ghaoth 'n an aghaidh.

25 Agus ann ſa cheathramh faire do'n oidhche, chuaidh Ioſa d'an ionnſuidh, ag imtheachd air an fhairge.

26 Agus an uair a chunnairc na deiſciobuil è 'g imtheachd air an fhairge, bha iad air am buaireadh, ag radh, Is Spiorad ata ann: agus * ghlaodh iad amach le h eagal.

27 Ach do labhair Ioſa riu a'r ball, ag radh, Biodh miſneach mhaith agaibh, is miſe ata ann, na biodh eagal oirbh.

28 Agus fhreagair Peadar è, agus a dubhairt ſe, A thighearna, ma's tu ata ann, iarr ormſa teachd a'd' ionnſuidh air na h uiſgeachaibh.

29 Agus a dubhairt ſè, Thig. Agus an uair a bha Peadar air teachd anuas as an luing, dh'imich ſè air na h uiſgeachaibh, chum teachd gu h Ioſa.

30 Ach an uair a chunnairc è a' ghaoth làidir, ghabh ſè eagal: agus an uair a thòſaich è air dol fuidh, do ghlaodh ſè, ag radh, A thighearna, fòir orm.

31 Agus air ball do ſhìn Ioſa amach a lamh, agus rug ſè air, agus a dubhairt ſè ris, O thuſa air bheag creidimh, c'ar ſon a bha thu fuidh amharas?

32 Agus an uair a chuaidh iad a ſteach do'n luing, choiſg a' ghaoth.

33 Ann ſin thainig iadſan a bha ſan luing, agus rinn ſiad adhradh dha, ag radh, Gu firinneach is tu Mac Dhe.

34 Agus an uair a chuaidh iad do'n taoibh eile, thainig ſiad gu talamh Ghenefaret.

35 Agus an t ann do fhuair luchd an àite ſin fiofrachadh uime, chuir iad fios air feadh na tìre ſin uile air gach taoibh dhiubh, agus thug iad d'a ionnſuidh an droing ſin uile a bha ea-ſlan,

36 Agus ghuidh iad air, gu feudfadh iad beantain re h iomall eadaich amhàin: agus a' mhèud dhiubh 's a bhean. ſhlànuicheadh gu h iomlan iad.

CAIB. XV.

3 *Ata Crioſd ag cronuchadh nan Scriobhuichidh agus nam Phairiſeach' air ſon briſeadh àitheantas Dhe le 'n gnàthuchadh-ſan;* 11 *a' teagaſg cionnas nach h è an ni a theid a ſteach do'n bheul a thruailleas an duine.* 21 *Shlànuich è inghean na mnà ſin do mhuintir Chanaan,* 30 *agus ſlòigh lionmhor eile.* 32 *Agus le feachd aranaibh, agus beagan dh'iaſguibh beaga, ſhèſuich ſè ceithir mìle fear, thuilleadh air mnaibh agus air cloinn.*

ANN ſin thainig ſcriobhuichean agus phairiſich, a bhuineadh do Hieruſalem, gu h Ioſa, ag radh,

2 C'ar ſon ata do dheiſciobuil

* dh'éigh.

ag dol ann aghaidh gnàthuchadh nan sinnsireadh ? oir ni 'n ionnsaid siad an làmha an uair a dh'itheas iad aran.

3 Ach fhreagair eisean agus a dubhairt sè riu, C'ar son ata sibhse ag briseadh àithne Dhe le bhur gnàthuchadh fein ?

4 Oir thug Dia àithne, ag radh, Tabhair onoir do t athair agus do d'mhàthair : agus ge b'e mhallaicheas athair no mhàthair, cuirthear gu bàs è.

5 Ach a deir sibhse, Ge b'è neach a deir r'a athair no r'a mhàthair, *Is* tiodhlaca *dom teàmpull* gach ni leis am feudsadh tu buannachd fhaghail uamsa,

6 Agus nach onoruich athair no mhàthair, *bithidh sè saor*. Mar sin do chuir sibhse ann neimh-brigh àithne Dhe le bhur gnàthuchadh fein.

7 A chealgoirean, is maith a rinn Esaias faidheadoireachd mu'r timchioll, ag radh,

8 Ata am pobull so à' dlùthachadh riumsa le 'm beul, agus ag tabhairt onoir dhamh le 'm bilibh : ach ata an croidhe fada uam.

9 Ach is ann an diomhaoineas a-taid a' deanamh adhraidh dhamhsa, a' teagasg àitheanta dhaoine *air son teagaisg*.

10 Agus air gairm an t sluagh dha, a dubhairt sè riu, Eisdibh agus tuigibh.

11 Ni h è an ni theid a steach sa bheul a shaluicheas an duine : ach an ni thig amach as a' bheul, 's è so a shaluicheas an duine.

12 Ann sin thainig a dheiscibuil, agus a dubhairt siad ris, Am bheil fhios agadsa gur ghabh na Pharisich oilbheum, taireis doibh na briathra ud a chluinntin ?

13 Ach air freagairt dhòsan a dubhairt sè, Gach uile phlannd' nach do shuidhich m' Athair neamhaidhs', spionthar as a bhun è.

14 Leigibh leo : 's cinn-iuil dhall nan dall iad. Agus ma threòruicheas dall dall *eile*, tuitidh iad araon ann san dìg.

15 Agus air freagairt do Pheadar a dubhairt sè ris, Minich dhuinn an cosamhlachd so.

16 Agus a dubhairt Iosa, Am bheil sibhse mar an ceudna gun tuigse fòs ?

17 Nach 'eil sibh a tuigsin fòs, ge b'è ni a theid a steach sa bheul, gu'n d'theid è sa bhroinn, agus tilgear amach do'n * ghuiteir è ?

18 Ach na nithe sin a thig amach as a' bheul, ataid a' teachd o'n chroidhe, agus is iad sin a shaluicheas an duine.

19 Oir is ann as a' chroidhe thig droch smuaintidh, mortadh, adhaltranas, striopachas, gaduigheachd, fiadhnuis bhreig', blaispheme.

20 Is iad so na nithe a shaluicheas an duine : ach itheadh le làmhaibh gun ionnlad, † cha saluich sin an duine.

21 Agus air dol do Iosa as sin, chuaidh sè gu criochuibh Thiruis agus Shidoin.

22 Agus fèuch, thainig bean do *mhuintir* Chanaan o na criochuibh sin, agus ghlaodh si ris, ag radh, Dean trocair orm, a Thighearna, a Mhic Dhaibhi ; ata m' inghean air a buaireadh gu truagh le deamhan.

23 Ach ni'n d'thug eisean freagra' dh'i ann aon fhocal. Agus thainig a dheiscibuil d'a ionnsuidh, agus dh'iarr iad air, ag radh, Cuir air falbh i, oir ata si glaodhaich 'n ar diaigh-ne.

24 Ach air freagairt dha-san a dubhairt sè, Nior chuireadh mise, ach gu caoraibh caillte thighe Israeil.

25 'Nsin air teachd dh'ise do rinn si adhradh dhò, ag radh, A Thighearna, ‡ cuidich leam.

26 Ach air freagairt dha-san a dubhairt sè, Ni 'n còir aran na cloinne

* t slochd shalchair.

† cho saluich. ‡ fòir orm.

cloinne a ghlacadh, agus a thilgeadh chum nan con.

27 Agus a dubhairt ise, Is fior, a Thighearna: ach ithidh na coin cuid do'n bhruileach, a thuiteas o bhòrd am maighistiridh fein.

28 Ann sin do fhreagair Iosa agus a dubhairt se ria, O bhean, 's mòr do chreidimh: biodh dhuit mar is toil leat. Agus rinneadh a h inghean slàn o 'n uair sin amach.

29 Agus air imtheachd do Iosa as sin, thainig è làimh re fairge na Galilee, agus an uair a chuaidh se suas air sliabh, shuidh è sios ann an sin.

30 Agus thainig mòr shluagh d'a ionnsuidh, agus aca mailie riu bacaich, doill, balbhain, *daoine* ciurramach, agus mòran eile, agus thilg iad sios aig cosaibh Iosa iad, agus shlànuich se iad:

31 Ionnas gur ghabh iongantas an sluagh, 'n uair a chunnairc iad na balbhain a' labhairt, na *daoine* ciurramach slàn, na bacaich ag imtheachd, agus an radharc aig na dallaibh: agus thug siad glòir do Dhia Israeil.

32 Ann sin ghairm Iosa a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus a dubhairt se, Ataim ag gabhail truais do 'n t sluagh, oir dh'fhan iad maille riùm anois' rè thri làith', agus ni 'm bheil ni air bith aca r'a itheadh: agus ni 'n cuirfeam uam 'n an trosg iad, air eagal gu fannuich iad air an t slighe.

33 Agus a deir a dheisciobuil ris, Cia as a gheibhmid na h uiread a dh'aran san fhàsach, as bu leòir a shàsuchadh slòigh co-mhòr?

34 Agus a deir Iosa riu, Cia lion aran ata agaibh? agus a dubhairt iadsan, Seachd, agus beagan a dh'iasgaibh beaga.

35 Agus dh'àithn è do'n t sluagh suidhe sios air an làr.

36 Agus air glacadh nan seachd aran agus nan iasga dha, agus air breith buidheachais, do bhris se *iad*, agus thug se d'a dheisciobluibh, agus *thug* na deisciobuil do'n t sluagh *iad*.

37 Agus dh'ith siad uile, agus shasuicheadh iad: agus thog siad do'n bhiadh bhrist' a dh'fhagadh làn sheachd cliabh.

38 Agus bha a mhuintir a dh'ith, ceithir mile fear, thuilleadh air mnaibh agus *aig* cleinn.

39 Agus air dha an sluagh a leigeadh uaithe, ghabh se lòng, agus thainig se gu criochuibh Mhagdala.

CAIB. XVI.

1 *Ata na Phairisich ag iarraidh comharthaidh,* 6 *Ata Iosa a' tabhairt rabhaidh d'a dheisciobluibh mu thimchioll làbhin nam Phairiseach agus nan Sadduiseach,* 13 *Far'ail an t sluaigh mu thimchioll Chriosd,* 16 *aidmheil Pheadair uime.* 21 *Ata Iosa a' roimh-innseadh a bhais,* 23 *ag cronuchadh Pheadair air son a chombantleach' uaith',* 24 *agus a' cur a dh'fhiachuibh orra-san, ler b'àill a leantuin, an crann-ceusaidh a ghiulan.*

AGUS air teachd do na Phairisichibh agus do na Sadduisichibh * 'g a bhuaireadh, dh'iarr iad air comharth' a thaisbeanadh dhoibh o neamh.

2 Ach air freagairt dha-san a dubhairt se riu, An uair is fealsar è, a deir sibh, *Bithidh* † soinionn *ann*: oir ata an t aidher dearg.

3 Agus air maidin, *Bithidh* droch aimsir ann an diu: oir ata an t aidheir dearg agus dorcha. A chealgoirean, is aithne dhuibh breith a thoirt air gnùis an aidheir, agus nach bhuil è 'n comas duibh comharthaidh nan aimsireadh *a thuig-sin?*

4 Ata ginealach aingidh agus adhaltranach ag iarraidh comharthaidh, agus ni 'n tiubhrar comharth' dhoibh, ach comharth' an fhàidh Ionais. Agus air dha am fàgail, dh'imthich se *as sin*.

5 Agus

* ag cur cathuich air. † deadh-aimsir.

5 Agus an trà' thainig a dheifciobuil dh'ionnſuidh na taoibh eile, dhi-chuimhnich iad aran a thabhairt *leo*.

6 Agus a dubhairt Ioſa riu, Thugaibh an aire, agus * coimheaduibh fibh fein o làibhin nam Phairiſeach, agus nan Sadduiſeach.

7 Agus bha iad a' reaſunachadh eatorra fein, ag radh, *Is ann* air ſon nach d'thug ſinn aran *leinn*.

8 Agus air tuigſin *ſin* do Ioſa, a dubhairt ſè riu, Ó ſibhſe air bheag creidimh, c'ar ſon ata ſibh a' reaſunachadh eadruibh fein, *gur ann* a chionn nach d'thug ſibh aran *leibh?*

9 Nach 'eil ſibh fòs a' tuigſin, no cuimhneachadh nan cuig aran nan cuig mìle, agus cia lion cliabh a thog ſibh?

10 No nan ſeachd aran nan ceithir mìle, agus cia lion cliabh a thog ſibh?

11 Cionnas nach 'eil ſibh a' tuigſin, nach ann mu aran a dubhairt mi ribh, ſibh a bhi air bhur faicill o làibhin nam Phairiſeach, agus nan Sadduiſeach?

12 Ann ſin do thuig iad cionnas nach d'iarr è *orra* bhi air am faicill o làibhin an arain, ach o theagaſg nam Phairiſeach, agus nan Sadduiſeach.

13 Agus air teachd do Ioſa gu criochaibh Cheſarea Philippi, dh'fheòraich ſè d'a dheiſciobluibh, ag radh, Co a deir daoine is miſe, Mac an duine, ann?

14 Agus a dubhairt iadſan, *A deir* cuid *gur tu* Eoin Baiſde, cuid Elias, agus cuid eile Ieremias, no h aon do na fàidhibh.

15 A deir eiſean riu, Ach co a deir ſibhſe is mi?

16 Agus air freagairt do Shimon Peadar a dubhairt ſè, Is tuſa Crioſd, Mac an De bheo.

17 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè ris, 'Sbeannuicht' thus', a Shimoin Bhar-Iona: oir cha d'fhoillſich fuil is feoil ſin duitſe, ach m' Athairs' ata air neamh.

18 Agus a deirimſe riut, Gur tuſa Peadar, agus air a' charraig ſo togaidh miſe m' eaglais: agus cha tabhair geataidh ifrinn buaidh uirre.

19 Agus bheir mi dhuit eochraiche rioghachd nèimh': agus ge b'è ni a cheanglas tuſa air talamh, bithidh ſè ceangailt' air neamh; agus ge b'è ni a dh'fhuaſglas tuſa air talamh, bithidh ſè fuaſgailt' air neamh.

20 Ann ſin dh'àithn ſè d'a dheiſciobluibh gun iad a dh'innſeadh do neach air bith, gur b'è fein Ioſa an Crioſd.

21 O 'n àm ſin amach thòſaich Ioſa air a nochdfadh d'a dheiſciobluibh, cionnas is eigin dha-ſan dol ſuas gu Hieruſalem, agus mòran do nithibh fhulang o na ſeanoiribh, agus na h ard-ſhagartaibh, agus na ſcriobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus eirigh ſuas a-rìs air an treas là.

22 Agus do ghabh Peadar è, agus thòſaich ſè air achmhaſan a thabhairt dha, ag radh, Gu ma fada ſin uaitſe, a Thighearna; cha tachair ſin duitſe.

23 Ach air tionndadh dha-ſan, a dubhairt ſè re Peadar, Im'ich air mo chùl, a Shatain, is oilbheum dhamh thu: oir † ni 'm bheil do chion air nithibh Dhe, ach air nithibh dhaoine.

24 Ann ſin a dubhairt Ioſa r'a dheiſciobluibh, Ma's àill le neach air bith teachd a'm' dhiaigh-ſe, deanadh è àichſheunadh fein, agus togadh è air a chrann-ceuſaidh, agus leanadh è miſe.

25 Oir ge b'è neach ler b'àill anam a ghleidheadh, caillidh ſè è; agus ge b'è neach a chailleas anam air mo ſgàth-ſa, gheibh ſè è.

26 Oir creud an tairbh' ata ann do dhuine, ge do choſnadh è an ſaoghal uile, agus anam fein a chall? no

* gleidhibh.

† ni 'm bheil agad ſpéis do.

no creud i a' * mhalairt a bheir duine air son anma?

27 Oir thig Mac an duine ann an glòir Athar, maille r'a Ainglibh; agus ann sin bheir sè do gach neach a reir a ghnìomhartha.

28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu bheil cuid do'n droing ata 'n an seasamh ann so, nach blais bàs, gus am faic iad Mac an duine a' teachd ann a rioghachd fein.

CAIB. XVII.

1 *Atharaçhadh agus dealrachadh cruth' Iosa:* 14 *ata sè a' slànuchadh an leinibh air an raibh an tuiteamas,* 22 *ag innseadh fhulangais roimhlaimh,* 24 *agus ag iocadh na cìse.*

AGus 'n diaigh shea làith', ghabh Iosa Peadar, agus Seumas, agus Eoin a bhràthair, agus threòruich sè iad air leth gu sliabh àrd',

2 Agus dh'atharaicheadh a chruth 'n an làthair, agus dhealraich aghaidh mar a' ghrian, agus rinneadh eadach geal mar an solus.

3 Agus fèuch, † do thaisbeanadh dhoibh Maois agus Elias a' comhradh ris.

4 Ann sin air freagairt do Pheadar, a dubhairt sè re h Iosa, A Thighearna, is maith dhuinn' bhi 'n so: ma's àill leatsa, deanamaid tri ‡ pàilliunaidh ann so; h aon dhuitse, h aon do Mhaois, agus a h aon do Elias.

5 Air dha bhi fòs a' labhairt, fèuch, do thilg neul soillseach sgàile orra: agus fèuch, guth as a' nèul, ag radh, So mo Mhac gràdhachs', ann am bhuil mo làn toil; eisdibh ris.

6 Agus an uair a chuala na deisciobuil *so*, thuit iad air an aghaidh, agus ghabh iad eagal ro-mhor.

7 Agus thainig Iosa agus bhean è riu, agus a dubhairt sè, Eir'ibh, agus na biodh eagal oirbh.

8 Agus air dhoibhs' an sùile a thogbhail suas, ni' m fac' iad neach air bith, ach Iosa 'n a aonar.

9 Agus ann àm dhoibh teachd anuas o 'n bheinn, thug Iosa àithne theann dhoibh, ag radh, Na innsibh do neach air bith a ni a dh'fhoillsicheadh dhuibh, gus an eirich Mac an duine a-rìs o na marbhaibh.

10 Agus dh'fhèoraich a dheisciobuil dhe', ag radh, C'ar son ma seadh a deir na sgriobhuichean, gur eigin Elias a theachd air tùs?

11 Agus air freagairt do Iosa a dubhairt sè riu, Thig Elias gu firinneach air tùs, agus aisigidh sè na h uile nithe:

12 Ach a deirimse ribh, Gu'n d'thainig Elias a cheana, agus cha d'aithnich siad è, ach rinn siad gach ni bu toil leo ris: is ann mar sin mar an ceudna a dh'fhulaingeas Mac an duine uatha.

13 Ann sin do thuig na deisciobuil gur b'ann mu Eoin Baisd' a labhair sè riu.

14 Agus an uair a thainig siad chum a' choi'-thionail, chuaidh duine *àraidh* d'a ionnsuidh, a' tuiteam air a ghlùinibh dha, agus ag radh,

15 A Thighearna, dean tròcair air mo mhac, oir ata sè gu tinn leis an ‖ tuitimeas, agus is mor an cràdh ata sè a' fulang: oir ata sè gu minic a' tuiteam san teine, agus gu tric san uisge.

16 Agus thug mi è dh'ionnsuidh do dheisciobul, agus cha b'urradh iad a leigheas.

17 Agus air freagairt do Iosa a dubhairt sè, A ghinealaich neimhchreidich, agus chrosda, cia fhad' a bhitheas mi maille ribh? cia fhad' a dh'fhulaingeas mi sibh? thugaibh a 'm' ionnsuidhs' ann so è.

18 Agus do chronuich Iosa an deamhan, agus dh'imthich sè as: agus shlànuicheadh an leanabh o 'n uair sin amach.

19 Ann sin air teachd do na deisciobluibh chum Iosa fa leth, a dubhairt

* iomlait. † dh'fhoillsicheadh. ‡ bothain. ‖ guin na ré.

bhairt fiad, C'ar fon nach b'urradh finne a thilgeadh amach?

20 Agus a dubhairt Iofa riu, Air fon bhur mi-chreidimh: oir gu fìrinneach a deirim ribh, Nam biodh aguibh creidimh mar ghràinne muftaird, deireadh fibh ris a' bheinn fo, Atharuich as fin ann fùd, agus dh'atharuicheadh i; agus ni 'm bioah ni air bith ea-comafach dhuibh.

21 Gidheadh, ni 'n d'theid a' ghnè fo amach, ach le h ùrnuigh agus le trofgadh.

22 Agus am feadh a bha iad a' fantain ann fa Ghalilee, a dubhairt Iofa riu, Bithidh Mac an duine air a bhrath thairis do làmhaibh dhaoine:

23 Agus marbhaibh fiad è, ach an treas là eir'idh fè: Agus bha iadfan ro-bhrònach.

24 Agus air teachd dhoibh do Chapernaum, thainig luchd togbhail na cìfe gu Peadar, agus a dubhairt fiad *ris*, Nach bhuil bhur maighifdirfe 'g iocadh na cìfe?

25 A deir eifean, Ata. Agus an uair a chuaidh fè fteach do'n' tigh, do labhair Iofa ris air tùs, ag radh, Creud i do bhar'ails', a Shimoin? cia uaith' ata righridh na talmhain togbhail * càin no cìfe? 'N ann o 'n cloinn fein, no o choigreachaibh?

26 A deir Peadar ris, O choigreachaibh. A dubhairt Iofa ris-fin, Air an àdhbhar fin ata a' chlann faor.

27 Gidheadh, chum nach tugamaid oilbheum dhoibh, imthich-fe chum na fairge, agus tilg dubhan *innte*, agus tog an ceud iafg a thig anios: agus air fofgladh a bheoil duit, gheibh thu bonn airgid: fin ghabh, agus tabhair dhoibh air mo fhon-fa, agus air do fhon fein.

CAIB. XVIII.

1 *Ata Criofd a' toirt àithne d'a dheifciobluibh bhi umhal agus neimhchronail, 7 oilbheum a fheachnadh, agus gun iad a dheanamh tàir air cloinn bhig:* 15 *ata è 'g an teagafg cionnas is còir dhuinn buntain r'ar bràithribh, an uair a bheir iad oilbheum dhuinn,* 21 *agus cia minic bu chòir dhuinn maitheamhnas a thoirt dhoibh;* 23 *ni ata fè a' mìneachadh le cofamhlachd an righ, a ghabh cunntas d'a fhearbhantaibh,* 32 *agus a rinn peanas airfin nach do nochd trocair d'a choi'-fheirbhifeach fein.*

ANN fan àm fin fein thainig na deifciobuil chum Iofa, ag radh, Co a's mò ann an rioghachd Nèimh'?

2 Agus air do Iofa leanabh beag a ghairm chuige, chuir fè 'n am meadhon è,

3 Agus a dubhairt fè, Gu fìrinneach a deirim ribh, Mur iompoichear fibh, agus mur bi fibh mar leanbana, nach d'theid fibh a fteach do rioghachd Nèimh'.

4 Air an àdhbhar fin ge b'è dh'ifficheas è fein mar an leanban fo, 's è fin fein a's mò ann an rioghachd Nèimhe.

5 Agus ge b'è ghabhas aon leanban d'a leithid fo ann am ainmfe, gabhuidh fè mife.

6 Ach ge b'è neach a bheir oilbheum dh'aon neach do'n mhuintir bhig fo ata creidfin annam-fa, b'fhearr dha gu 'm biodh cloch mhuilinn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu 'm biodh è air a bhàthadh ann an doimhne na fairge.

7 Is an-aoibhinn do'n t faoghal air fon oilbheimean: oir is eigin do oilbheimibh teachd: ach is an-aoibhinn do'n duine fin tre 'n d'thig an t oilbheum.

8 Uime fin ma bheir do làmh no do chos àdhbhar † oilbheim dhuit, gearr dhiot iad, agus tilg uait *iad:* is fearr dhuit dol a fteach do'n bheatha air leth chois no air leth làimh, na dà làimh no dà chois a bhi agad, is tu bhi air do thilgeadh ann fan teine fhiorruidh.

9 Agus ma bheir do fhùil àdhbhar oilbheim dhuit, fpion afad i, agus tilg uait i: is fearr dhuit dol a fteach chum

* gearraidh no duilinne.

† tuiflidh.

chum na beatha air leth shùil, na dà shùil a bhi agad agus thu bhi air do thilgeadh ann an teine isrinn.

10 Thugaibh an aire nach dean sibh tarcuis air aon neach do'n mhuintir bhig so; oir a deirimse ribh, gu bhuil an Aingil-sin air neamh a' faicsin a ghnàth gnuis m' Athar-sa, ata air neamh.

11 Oir thainig Mac an duine a shàbhaladh an ni sin a bha caillte.

12 Creud is bar'ail dhuibhse? ma bhitheas aig duine ceud caora, agus gu'n d'theid a h aon diubh air seacharan, nach fag sè na naoi'-caoirich-dheug agus ceithir fichid, agus nach d'theid sè air feadh nam beann, dh'iarruidh *na caorach* a chuaidh air seacharan?

13 Agus ma tharlas da gu'm fuigh sè i, gu deimhin a deirim ribh, Gu'n dean sè tuilleadh gàirdeachais air son *na caorach sin*, na air son nan naoi'-caorach-dheug agus ceithir fichid, nach deachuidh air seacharan.

14 Mar an ceudna, ni h è toil bhur 'n Athars' ata air neamh, gu'n rachadh aon neach do'n mhuintir bhig so a chall.

15 Tuilleadh eile, Ma pheacuicheas do bhràthair a'd' aghaidh, imthich agus * innis a lochd dha eidir thu fein agus eisean amhàin: ma dh'eisdeas è riut, chosainn thu do bhràthair.

16 Ach mar eisd sè *riut*, tabhair leat a h aon no dias eile, chum gu'm bi † gach ni air-a dheanamh seasmhach am beul dias no triur a dh'fhia'nuisibh.

17 Agus ma dhiultas sè iadsan eisdeachd, innis do'n eaglais è: ach ma dhiultas è 'n eaglais eisdeachd, biodh è dhuit mar Ghentileach, agus *mar* phuibliocanach.

18 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è air bith nithe cheanglas sibhse air talamh, bithidh siad ceangailt' air neamh: agus ge b'è air bith nithe dh'fhuaisgleas sibhse air talamh, bithidh siad fuasgailt' air neamh.

19 A-ris a deirim ribh, Ma chòirdeas dias aguibh air talamh, mu thimchioll aon ni a dh'iarras iad, nithear *so* dhoibh le m' Athairs' ata air neamh.

20 Oir ge b'è àit' am bhuil dias no triur air an cruinneachadh ann cionn a chéile a'm' ainmse, ata mise ann sin 'n am meadhon.

21 Air dol do Pheadar d'a ionnsuidh san àm sin, a dubhairt sè, A Thighearna, cia minic a pheacuicheas mo bhràthair a'm' aghaidh, agus a mhaitheas mi dha? *An ann* gu ruig an seachdmha' uair?

22 A deir Iosa ris, Ni abram riut, gus an seachdmha' uair: ach, gu deich agus tri fichid seachd uaire.

23 Air an àdhbhar sin is cosmhuil rioghachd Nèimh' re righ àraidh, ler b'àill cunntas a dheanamh r'a sheirbhiseachaibh.

24 Agus an uair a thòsaich sè air cunntas a dheanamh, thugadh a h aon d'a ionnsuidh air an raibh aige deich mìle talanna.

25 Ach do bhri' nach raibh aige ni leis an deanadh è dioladh, dh'àithin a thighearn' è fein, agus a bhean, agus a chlann, agus gach uile nithe bha aig' a reiceadh, agus dioladh a dheanamh.

26 Air an àdhbhar sin do thuit an seirbhiseach sin sios, agus rinn sè umhlachd dha, ag radh, A Thighearna, dean foighidin rium, agus iocaidh mi dhuit an t iomlan.

27 Ann sin air do thighearna an òglaoich sin truas mòr a ghabhail ris, leig sè a chead da, agus mhaith sè na fiacha dha.

28 Ach air dol do'n t seirbhiseach sin fein amach, fhuair è h aon d'a choi'-sheirbhiseachaibh, air an raibh aige ceud peghinn: agus air dha làmh a chur ann, rug sè air scornach *air*, ag radh, Ioc dhamh na bhuil agam òit.

29 Agus

* dearbh † a chùis ui'e air a deanamh.

29 Agus air tuiteam d'a choi'-ſheirbhiſeach ſios aig a chofaibh, ghuidh ſe air, ag radh, Dean foighidin rium, agus iocfuidh mi an t iomlan duit.

30 Agus nior b'àill leiſin *ſin:* ach air imtheachd dha do thilg ſe am prìoſun è, gus an iocadh ſe na fiacha.

31 Agus an uair a chunnairc a choi'-ſheirbhiſich-ſin na nithe do rinneadh, bha iad ro-dhoilich, agus thainig iad, agus dh'fhoillſich iad d'an tighearna gach ni a rinneadh.

32 Ann ſin air d'a thighearn' a ghairm, a dubhairt ſe ris, A dhroch ſheirbhiſich, mhaith me dhuit na fiacha ud uile, do bari' gu'n do chuir thu impidh orm:

33 Nach bu chòir dhuitſe mar an ceudna tròcair a dheanamh air do choi'-ſheirbhiſeach fein, amhail mar a rinn miſe tròcair ortſa?

34 Agus air gabhail feirge d'a thighearna, thug ſe do na ceuſadoiribh è, gus an iocadh ſe fhiacha uile dha.

35 Agus mar ſin do ni m' Athair neamhuidh ribhſe, mur maith gach aon aguibh o bhur croidhibh d'a bhràthair an cionta.

CAIB. XIX.

2 *Ata Criſd a' ſlànuchadh na muintir a bha tinn,* 3 *a freagairt nam Phairiſeach mu thimchioll dealuchaidh,* 10 *a' nochdfadh c'uin ata am pòſadh feumail:* 13 *ag gabhail re cloinn bhig:* 16 *ag teagaſg an òganaich cionnas a dh'fheudas è a' bheatha ſhuthain fhaghail, agus a' bhi foirfe:* 23 *ag innſeadh d'a dheiſciobluibh co chruaidh is ata è air duine ſaibhir dol a ſteach do rioghachd Dhe:* 27 *agus a' gealtuin luigheachd dhoibhſin a thrèig na h uile nithe agus a lean eiſean.*

AGUS * tharladh, an uair a chriochnuich Iofa na briathra-ſa, gu'n d' imthich ſe o'n Ghalilee, agus thainig ſe gu criochaibh Iudea, air an taobh thall do Iordan:

2 Agus do lean fluagh mòr è, agus ſhlànuich ſe iad ann ſin.

3 Thainig na Phairiſich mar an ceudna d'a ionnſuidh, 'g a bhuaireadh, agus ag radh ris, Am bheil è ceaduicht' do dhuine a bhean a chur uaith' air gach uile àdhbhar?

4 Agus air freagairt dha-ſan a dubhairt ſe riu, Nach do leugh ſibh, An ti a rinn air tùs *iad*, gu'n d'rinn ſe iad fear agus bean?

5 Agus a dubhairt ſe, Air an àdhbhar ſo fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus dlùth-leanuidh ſe r'a mhnaoi: agus bithidh fiad araon 'n an aon fheoil.

6 Air an àdhbhar ſin cha dias iad ni's mò, ach aon fheoil. Uime ſin an ni do cheangail Dia, na ſgaoileadh duine.

7 A dubhairt fiad iis, C'ar ſon ma ſeadh a dh'àithn Maois litir-dhealuich a thabhairt *ab'i*, agus a cur air falbh?

8 A deir eiſean riu, Dh'fhulaing Maois dhuibhſe air ſon cruais bhur croidhe, bhur mnài a chur uaibh: ach ni 'n raibh è mar ſin o thùs.

9 Agus a deirimſe ribh, Ge b'è chuireas uaithe a bhean, ach air ſon ſtriopachais, agus a phòſas *bean* eile, ata ſe deanamh adhaltranais: agus ge b'è neach a phòſas iſe do chuireadh air falbh, ata ſe deanamh adhaltranais.

10 A deir a dheiſciobuil ris, Ma's è ſin cor an fhir r'a mhnaoi, ni 'm bhuil am pòſadh maith r'a dheanamh.

11 Ach a dubhairt eiſean riu, Ni 'm bhuil gach uile dhaoine comafach air a' chainnt ſo a ghabhail, † ſaor *uatha-ſan* d' an d'thugadh è.

12 Oir ata cuid 'n an caillteanachaibh a rugadh mar ſin o bhroinn am màthar: agus ata cuid de chaillteanachaibh ann, a rinneadh 'n an caillteanachaibh le daoinibh: agus ata caillteanaich ann, a rinn iad fein 'n an caillteanachaibh air ſon rioghachd nèimh'. Ge b'è neach ata comafach

* thachair.

† ach iadſan d'an d'thugadh è.

comaſach air a ghabhail *chuige*, gabhadh ſè *è*.

13 Ann ſin thugadh clann bheag d'a ionnſuidh, chum gu cuireadh ſè a làmha orra, agus gu'n deanadh è ùrnuigh: agus chronuich na deiſciobuil iad.

14 Ach a dubhairt Ioſa, Fulaingibh do na leanbaibh, agus na bacaibh dhiubh teachd a'm' ionnſuidh: oir is ann d'an leithidibh ſin atà rioghachd Nèimh'.

15 Agus taireis da a làmha a chur orra, dh'imthich ſè as ſin.

16 Agus fèuch, thainig neach agus a dubhairt ſè ris, A mhaighiſdir mhaith, creud an ni maith a dheanam chum gu fuigheam a' bheatha mhairtheanach?

17 Agus a dubhairt eiſean ris, Creud ſa'n goireann tu miſe maith? ni '*m bhuil* aon neach maith ach a h aon, *eadhon* Dia: ach ma's àill leat dol a ſteach chum na beatha, coimhid na h àitheanta.

18 A deir eiſean ris, Cia iad? agus a dubhairt Ioſa, Na dean marbhadh, Na dean adhaltranas, Na dean goid, Na tog fiadhnuis bhréig',

19 Tabhair onoir do t athair, agus do d'mhàthair: agus, Gràdhaich do choimhearſnach mar thu fein.

20 A deir an t òganach ris, Do choimhid mi na nithe ſin uile o m' òige ſuas: creud ata dh'uireaſbhuidh orm fòs?

21 A dubhairt Ioſa ris, Ma's àill leat bhi coimhlionta', im'ich *agus* reic na bhuil agad, agus tabhair do na boch-duibh *e*', agus gheibh thu ionmhas air neamh: agus thig, *agus* lean miſe.

22 Ach an uair a chual' an t òganach na briathra ſin, dh'fhalbh è gu bronach: oir bha mòr-ſhaibhrios aige.

23 Ann ſin a dubhairt Ioſa r'a dheiſciobluibh, Gu fìrinneach a deirim ribh, gu bhuil è cruaidh air duine ſaibhir dol a ſteach do rioghachd Nèimh'.

24 Agus à-rìs a deirim ribh, Gur uſadh do'n chàmhail dol tre chrò na ſnàthuid', na do dhuine ſaibhir dol a ſteach do rioghachd Dhe.

25 Agus air cluinntin *ſo* d'a dheiſciobluibh, ghabh iongnadh mòr iad, ag radh, Cia è ma ſeadh an neach a dh'fheudas a bhi air a ſhàbhaladh?

26 Ach air amharc do Ioſa orra, a dubhairt ſè riu, Do dhaoinibh ata ſo ea-comaſach, ach do Dhia ata na h uile nithe comaſach.

27 Ann ſin do fhreagair Peadar, agus a dubhairt ſè ris, Fèuch, do thréig ſinne gach uile *nithe*, agus lean ſinn thuſa; air an àdhbhar ſin creud a gheibh ſinn?

28 Agus a dubhairt Ioſa riu, Gu deimhin a deirim ribh, fibhſe a lean miſe ann ſan ath-ghineamhuin, 'n trà' ſhuidheas Mac an duine air caithir a ghlòire fein, gu'n ſuidh fibhſe mar an ceudna air dà-chaithir-dheug, a' tabhairt breith' air dà-threibh-dheug Iſraeil.

29 Agus ge b'è neach a thréig tighe, no bràithre, no pearaiche, no Athair, no Màthair, no beanphòſda, no clann, no fearann air ſgàth m'ainmſe, gheibh ſè a' cheud uiread, agus a' bheatha mhairtheanach mar oighreachd.

30 Ach atà mòran air thoiſeach, a bhitheas air dheireadh: agus air dheireadh, *a bhitheas* air thoiſeach.

CAIB. XX.

1 *Ata Crioſd, le coſamhlachd air a ghabhail o luchd ſaoithreach' ann an garadh fìona, a' dearbhadh nach 'eil Dia fui' fhiachaibh do dhuin' air bith*; 17 *ag roimh-innſeadh a bhàis*; 20 *leis a fhreagradh do mhàthair cloinne Shebedee, ag teagaſg d'a dh'iſciobluibh bhi umhal*; 30 *agus ag tabhairt an radhairc do dhias dhall.*

OIR is coſmhuil rioghachd Nèimh' re fear-tighe, a chuaidh amach moch air mhaidin a thuaraſdiachadh luchd oibre d'a ghàradh fìona.

2 Agus taireis da còrdadh ris an luchd oibre air pheghinn *Romhanaich* ſan là, chuir ſe g' a ghàradh fìona iad.

3 Agus air dol amach dha timchioll na treas uaire, chunnairc ſe droing eile 'n an ſeaſamh diomhanach air a' mhargadh,

4 Agus a dubhairt ſe riu, Im'ichibhſe mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'è ni a bhitheas ceart, bheir mi dhuibh è. Agus dh'imich iad.

5 Air dol amach dha a-rìs timchioll na ſeathadh agus na naothadh uair', rinn ſe mar an ceudna.

6 Agus air dol amach dha mu thimchioll na h aon-uair-deug, fhuair ſe dream eile 'n an ſeaſamh diomhanach, agus a deir ſe riu, C'ar ſon ata ſibh 'n ar ſeaſamh ann ſo feadh an là diomhanach?

7 A deir iad ris, Chionn nach do thuaraſdaluich duine air bith ſinn. A deir ſe riu, Im'ichibhſe mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'è ni ata ceart, gheibh ſibh è.

8 Agus air teachd do 'n fheaſcar, a deir tighearn' a' ghàraidh fhìona ſin r'a ſtiobhard, Gairm an luchd oibre, agus tabhair dhoibh an tuaraſdal, ag tòiſeacheadh o 'n droing *a thainig* ſa dheireadh gu ruig na ceud *dacine*.

9 Agus air teachd dhoibhſin *a thuaraſdaluicheadh* mu thimchioll na h aon-uair-deug, fhuair gach duine dhiubh peghinn.

10 Ach air teachd do'n cheud dream, ſhaoil iad-ſa gu 'm fuigheadh iad ni bu mhò, ach fhuair gach aon diubh mar an ceudna peghinn.

11 Agus air dhoibh fhaghail, rinn ſiad monmhor ann aghaidh fhir-an-tighe,

12 Ag radh, An dream ſin *a thainig* ſa dheireadh, ni 'n d'rinn ſiad *obair* ach aon uair, agus * chuir thu iad ann coimh-meas ruinne, a dh'iomchair uallach agus teas an là.

13 Ach air freagairt dha-ſan, a dubhairt ſe re fear dhiubh, A charaid, ni 'm bhuileam a' deanamh eacoir ort: nach do chòird thu rium air pheghinn?

14 Tog leat do chuid fein, agus im'ich romhad: 's i mo thoils' a thabhairt do'n ti ſo *a thainig* ſa dheireadh, mar *a thug mi* dhuitſe.

15 Nach 'eil è ceaduichte dhamhſa an ni a's toil leam a dheanamh re m' chuid fein? am bheil do ſhùils' olc, air ſon gu bhuil miſe maith?

16 Is mar ſin bithidh an droing dheireannach air thoiſeach, agus an droing *ata* air thoiſeach air dheireadh: oir ata mòran air an gairm, ach beag air an tagha'.

17 Agus ag dol do Ioſa ſuas gu Hieruſalem, thug ſe an dà-dheiſciobul-deug leis ſa leth ann ſan t ſlighe, agus a dubhairt ſe riu,

18 Fèuch, ata ſinn a' dol ſuas gu Hieruſalem, agus bithidh Mac an duine air a bhrath' thairis do na h àrd-ſhagartaibh, agus do na ſcriobhuichibh, agus dìtidh iad chum bàis è,

19 Agus bheir ſiad thairis è do na Geintileachaibh chum fanoid a dheanamh *air*, agus *chum a* ſgiurfadh, agus *a* cheuſadh: agus an treas là eir'idh ſe a-rìs.

20 Ann ſin thainig d'a ionnſuidh màthair cloinne Shebedee, maille r'a mic, a' tabhairt onoir dha, agus ag iarruidh ni àraidh air.

21 Agus a dubhairt eiſean ria, Creud a b'àill leat? a deir ſi ris, † Abair gu 'n ſuidh iad ſo mo dhias mhac, fear *aca* air do làimh dheis, agus fear eile air do làimh chli, a' d' rioghachd.

22 Ach

* rinn tu iad ionann agus ſinne. † deonuich.

22 Ach air freagairt do Ioſa, a dubhairt ſe, Ni 'm bheil fhios agaibh creud ata ſibh ag iarruidh. Am bhuil ſibh comaſach air a chupan ſin òl a dh'òlas miſe, agus a bhi air bhur baiſde' leis a' bhaiſdeadh leis am baiſdear miſe? A deir ſiad ris, Ata ſinn comaſach.

23 Agus a deir eiſean riu, Oluidh ſibh gu deimhin do'm chupan-ſa, agus baiſdear ſibh leis a' bhaiſdeadh leis am baiſdear miſe: ach ſuidhe air mo làimh dheis, agus chli, ni 'n leamſa *ſin* a thabhairt, ach *bheirthear è do'n dream* d' am bhuil ſe air ull'uchadh le m' athair-ſe.

24 Agus air cluinntin *ſo* do'n deichnear *eile*, bha diom aca ris an dias bhràithribh.

25 Agus air an gairm do Ioſa d'a ionnſuidh a dubhairt ſe, Ata fhios agaibh gu bhuil aig prionnſaibh nan cinneach tighearnas orra, agus gu bhuil aig *an* daoinibh mòra ſmachd orra.

26 Ach ni mar ſin a bhitheas è 'n ar meaſg-ſa: ach ge b'è neach ler b'àill a bhi mòr 'n ar meaſg, biodh è dhuibh 'n a fhear-frithealaidh.

27 Agus ge air bith ler b'àill toiſeach a bhi aige ann bhur meaſg, biodh eiſean 'n a ſhearbhant dhuibh.

28 Amhail mar nach d'thainig Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt anma fein mar éiric air ſon mhòrain.

29 Agus ag dol amach dhoibh a Iericho, do lean ſluagh mòr è.

30 Agus fèuch, dias do dhaoinibh dalla, a bha 'n an ſuidhe re taoibh na ſlighe, air dhoibh a chluinntin gu 'n raibh Ioſa a' dol ſeachad, do ghlaodh ſiad, ag radh, Dean tròcair oirne, a Thighearna, a Mhic Dhaibhi.

31 Agus chronuich an ſluagh iad, chum gu'm biodh iad 'n an toſd: ach is mòid'a ghlaodh iadſan, ag radh, Dean tròcair oirn, a Thighearna, a Mhic Dhaibhi.

32 Agus air' ſeaſamh do Ioſa, ghairm ſè iad, agus a dubhairt ſè, Creud is àill leibh miſe a dheanamh dhuibh?

33 A deir iadſan ris, A Thighearna, ar ſùile bhi air am foſgladh.

34 Agus ghabh Ioſa truas dhiubh, agus bhean è r'an ſùilibh: agus air ball thainig radharc d'an ſùilibh, agus lean ſiad è.

CAIB. XXI.

1 *Ata Ioſa a' marcachd gu Hieruſalem air aſal,* 12 *ag tilgeadh amach an luchd reic' agus ceannuigheachd as an teampull,* 17 *a' malluchadh a' chroinn fhìge,* 23 *ag cur nan ſagart' agus nan ſeanoiridh 'n an toſd,* 28 *agus 'g an cronuchadh le coſamhlachd a ghabhadh o dhias mhac,* 33 *agus o 'n tuath, a mharbh an droing a chuireadh d'an ionnſuidh.*

AGUS an uair a dhruid iad re Hieruſalem, agus a thainig iad gu Betphage, gu ſliabh nan oluidh', ann ſin chuir Ioſa dias *d'a* dheiſciobluibh uaithe,

2 Ag radh riu, Rachaibh do'n bhaile *ata* thall fa'r comhair, agus air ball gheibh ſibh aſal ceangailt' *ann*, agus * loth' † 'n a ſochair: fuaſglaibh, agus thugaibh a'm'ionnſuidhs' *iad*.

3 Agus ma labhras aon duine ni air bith ribh, abraibh, Gu bhuil feum aig an Tighearna orra; agus cuiridh ſè uaithe air ball iad.

4 Rinneadh na nithe ſo uile, chum gu 'n coimh-lionadh an ni a dubhradh leis an fhàidh, ag radh,

5 Innſibh do inghin Shioin, Fèuch, ata do Righ ag teachd a'd' ionnſuidh, gu ciuin, is è 'n a ſhuidhe air muin aſail, agus air ‡ ſearrach mac na h aſail.

6 Agus dh'imich na deiſciobuil, agus

* ſearrach. † maille ria. ‡ lothaidh.

agus rinn fiad mar a dh'aithin Iosa dhoibh,

7 Agus thug iad an t asal agus an searrach leo, agus chuir iad an eadach orra, agus chuir iad *eifean* 'n a fhuidh' air a' mhuin.

8 Agus sgaoil mòr fhluagh an eadach air an t slighe; agus ghearr droing eile geuga do chrannaibh, agus leag iad air an t slighe *iad*.

9 Agus thog an fluagh a bha roimhe agus 'n a dhiaigh * gair, ag radh, Hosanna do Mhac Dhaibhi: is beannuicht' an Ti a thig ann ainm an Tighearna, hosanna ann sna h àrdaibh.

10 Agus air dol dha-san a steach do Hierusalem, † chrathadh ‡ am baile uile, ag radh, Co è so?

11 Agus a dubhairt an fluagh, Is è so Iosa am faidh o Nasaret na Galilee.

12 Agus chuaidh Iosa a steach do theampull De, agus thilg se amach iadsan uile a bha reic' agus a' ceannach' ann san teampull, agus thilg se buird luchd ‖ malairt an airgid thairis, agus caithriche luchd reiceadh nan colman.

13 Agus a dubhairt se riu, Ata è scriobht', Goirthear tigh ùrnuigh do 'm theach-sa, ach rinn sibhse 'n a shlochd mheirleach è.

14 Agus thainig na doill agus na bacaich d'a ionnsuidh ann san teampull, agus shlànuich se iad.

15 Agus an uair a chunnairc na h àrd-shagairtean agus na scriobhuichean na gniomhartha iongantach a rinn se, agus a' chlann a' glaodhaich san teampull, agus ag radh, Hosanna do Mhac Dhaibhi; bha corruich mhòr orra,

16 Agus a dubhairt fiad ris, An cluinn thu creud ata a' mhuintir sin ag radh? Agus a dubhairt Iosa riu, Ata mi cluinntin; nach do leugh sibhse riamh, As beul nan naoidh agus nan ciochran choi'-lion thu mola'?

17 Agus air am fagail da, chuaidh se amach as a' bhaile gu Betani, agus dh'fhan è ann sin.

18 Agus air pilltin dha chum a' bhaile air mhaidin, bha se air ocras.

19 Agus air dha crann sìgis fhaicsin air an t slighe, thainig se d'a ionnsuidh, agus ni 'n d'fhuair se ni air bith air, ach duilleach amhàin; agus a deir se ris, Nior fhasadh toradh o so suas gu bràth ort. Agus chrìon an crann sìgis air ball.

20 Agus air fhaicsin do na deisciobluibh, ghabh iad iongantas, ag radh, Cia luath a shearg an crann figis as!

21 Agus air freagairt do Iosa a dubhairt se riu, Gu deimhin a deirim ribh, ma bhitheas creidimh agaibh, agus nach bi sibh fuidh amharas, ni h è amhàin gu'n dean sibh an ni *a rinneadh* do'n chrann fhìgis, ach mar an ceudna ma deir sibh ris a' bheinn so, Togbhar thu, agus tilgear san fhairge thu; bithidh se deanta:

22 Agus ge b'è air bith nithe dh'iarras sibh ann bhur n ùrnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh *iad*.

23 Agus an uair a thainig se do'n teampull, thainig na h àrd-shagairtean agus seanoiridh a' phobuill d'a ionnsuidh, agus è a' teagasg, ag radh *ris*, Creud è an t ùghdarras tre 'm bhuil thusa a' deanamh nan nithe-se? agus cia thug an cumhachd so dhuit?

24 Agus air freagairt do Iosa a dubhairt se riu, Feòruichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse, agus ma dh'innseas sibh dhamh è, innsidh mise dhuibhse air mhodh ceudna cia an t ùghdarras tre 'n deanam na nithe-se.

25 Baisdeadh Eoin, cia as a thainig è? O neamh, no o dhaoinibh? Ach reasonuich iadsan 'n am measg fein, ag radh, Ma deir sinn,

* iolach. † ghluaiseadh. ‡ a' chaithir. ‖ iomlait.

sinn, O neamh; deir eisean ruinn, C'ar son ma seadh nach do chreid sibh è ?

26 Ach ma deir sinn, O dhaoinibh; ata eagal a' phobuill oirn; oir ata meas faidh aig gach uile dhuine air Eoin.

27 Agus fhreagair iad Iosa, agus a dubhairt siad, Ni'm bhuil fhios againn. Agus a dubhairt eisean riu, Ni mò dh'innseas mise dhuibhse cia an t ùghdarras tre 'n deanam na nithe so.

28 Ach creud i bhur bar'ails' ? Bha aig duine àraidh dias mhac, agus air teachd dha dh'ionnsuidh a' cheud *mhic*, a dubhairt sè, A mhic, im'ich, dean obair an diu a'm' ghàradh fìona.

29 Agus air freagairt dha-san a dubhairt sè, Ni 'n deanam : ach 'n a dhiaigh sin, air dha aithreachas a ghabhail, dh'imich sè.

30 Agus air teachd gus an dara *mac*, a dubhairt sè mar an ceudna. Agus air freagairt dha-san a dubhairt sè, *Racham*, a Thighearna; gidheadh nior im'ich sè.

31 Cia do'n dias a rinn toil athar? Deir iadsan ris, An ceud *fhear*. A deir Iosa riu-san, Gu fìrinneach a deirimse ribh, gu'n d'theid na puibliocain agus na striopaichean do rioghachd Dhe romhaibhse.

32 Oir thainig Eoin d'ar ionnsuidh ann slighe na fìreantachd, agus nior chreid sibh è : ach chreid na puibliocain agus na striopaichean è. Agus ge do chunnairc sibhse *so*, nior ghabh sibh aithreachas 'n a dhiaigh sin, do chum gu'n creideadh sibh è.

33 Eisdibh re cosamhlachd eile : Bha fear-tighe àraidh ann, a phlannduich fìon-lios, agus chuir sè * sal m'a thimchioll, agus chladhaich sè ionad bruthaidh an fhìona ann, agus thog sè tùr, agus shuidhich sè air tuath è; agus chuaidh sè fein air choigrich.

* gàradh.

34 Agus an tràd dhruid *riu* àm an toraidh, chuir sè a shearbhanta dh'ionnsuidh na tuatha, dh'fhaotain a thoraidh.

35 Agus rug an tuath air a shearbhantaibh, agus ghabh iad air fear dhiubh, agus mharbh iad fear eile, agus ghabh iad do chlochaibh air fear eile.

36 A-rìs, chuir sè seirbhisich eile uaithe, tuilleadh na *sa* cheud *chuideachd* : agus rinn iad orra-san mar an ceudna.

37 Ach sa dheireadh, do chuir sè a mhac sein d'an ionnsuidh, ag radh, Bheir siad onoir do m' mhac.

38 Ach air faicsin a' mhic do'n tuath, a dubhairt siad eatorra fein, 'S è so an t Oighre, thigibh, marbhamaid è, agus glacamaid oighreachd-san *dhuinn fein*.

39 Agus air breith dhoibh air, thilg siad amach as † a' ghàradh fhìona *è*, agus mharbh siad è.

40 Air an àdhbhar sin an uair a thig Tighearn' a' ghàraidh fhìona *sin*, creud a ni sè ris an tuath ud ?

41 A deir siad ris, sgriosfuidh sè gu truagh na droch dhaoine ud, agus suidhichidh sè an gàradh fìona air tuath eile, a bheir a thoraidh dha 'n an aimsiribh fein.

42 A deir Iosa riu, Nach do leugh sibh riamh ann sna scriobtuiribh, A'chloch a dhiult na clochairean, rinneadh i 'n a cloich-chinn na h oisinn : 's è an Tighearn' a rinn so, agus ata sè iongantach ann ar sùilibh-ne ?

43 Uime sin a deirim ribh, Gu'n toirear rioghachd Dhe uaibhse, agus gu'n tiubhrar do chinneach *eile* i, a bheir a toraidh uatha.

44 Agus ge b'è neach a thuiteas air a' chloich so, brisfear è; ach ge b'è air an tuit si, do ni si mìn luaithreadh dheth.

45 Agus an uair a chuala na hàrd-shagairtean agus na Phairisich

† an fhìon-lios.

a * chomhada-san, thuig iad gur b'ann umpa fein a labhair se.

46 Ach an trà'† bu mhiann leo breith air, bha eagal a' phobuill orra, oir bha meas saidh ac' air-sin.

CAIB. XXII.

1 *Cosamhlachd bainnse mhic an Righ,* 9 *Gairm nan geintileach:* 12 *peanas an fhir a bha dh'uireasbhuidh trusgain na bainnse.* 15 *'S còir cis òca do Cheasar.* 23 *Ata Criosd a' dearbhadh gur bu mhearachdach bar'ail nan Sadduiseach mu thimchioll eiseirigh nam marbh,* 34 *a' freagairt an fhir-lagha cia i a' cheud àithne is an àithne mhòr,* 41 *agus a' cur ceist' air na Phairisichibh mu thimchioll a' MheSsia.*

AGUS air freagairt do Iosa, labhair se riu a-ris ann cosamhlachdaibh, ag radh,

2 Is cosmhuil Rioghachd Nèimhe re Righ àraidh, a rinn bainnis phòsaidh d'a mhac fein,

3 Agus chuir se shearbhanta a ghairm na muintir a fhuair cuireadh chum na bainnse: ach nior b'àill leo-san teachd.

4 A-ris chuir se *d'an ionnsuidh* searbhanta eile, ag radh, Abruibhse ris a' mhuintir d'an d'thugadh cuireadh, Feuch, do dheasuich mi mo dhìnneir: *ata* mo dhaimh agus *mo* spréidh bhiadht' air am marbhadh, agus *ata* gach uile nithe ullamh: thigibh chum na bainnse.

5 Ach do chuir iads' ann suarachas *è*, agus dh'imich siad rompa, fear dhiubh d'a fhearann, agus fear eile chum a cheannuigheachd:

6 Agus rug a' chuid eile *dhiubh* air a shearbhantaibh, agus thug siad ‡ easonoir *dhoibh*, agus mharbh siad *iad*.

7 Ach air cluinntin *so* do'n Righ, ghabh se fearg: agus air cur armailteadh uaithe, sgrios se an luchd mortaidh ud, agus loisg se am baile-sin.

8 A deir se ann sin r'a sheirbhiseachaibh, Gu firinneach ata a' bhainnis ullamh, gidheadh an dream a fhuair cuireadh cha b'fhiu iad *è*.

9 Air an àdhbhar sin im'ichibhse gus na § ròdaibh mòra, agus a lion *daoine* 's a gheibh sibh, cuiribh *iad* chum na bainnse.

10 Agus air dol amach do na searbhantaibh sin air na ròdaibh, chruinnich iad gach uile neach a fhuair iad, eidir olc agus mhaith: agus lionadh *tigh* na bainnse le muintir a shuidh chum bidh.

11 Agus air dol a steach do'n Righ a dh'fhaicsin nan Aoidheachan, chunnairc se ann sin duine aig nach raibh trusgan na bainnse uime:

12 Agus a deir se ris, A charaid, cionnas a thainig thusa steach ann so, gun trusgan na bainnse umad? Ach dh'fhan eisean 'n a thosd.

13 Ann sin a dubhairt an Righ ris na seirbhiseachaibh, Air a cheangal duibh eidir chos agus làmh, togaibh libh è, agus tilgibh ann an iomall dorchadais *è*: ann sin bithidh gul agus giosgan fhiacail.

14 Oir ata mòran air an gairm, ach beag air an tagha'.

15 Ann sin dh'imich na Phairisich, agus ghabh siad comhairle cionnas a dh'fheudadh iad eisean a ‖ ribeadh 'n a chainnt.

16 Agus chuir siad d'a ionnsuidh an deisciobuil fein, maille re luchd leanmhuin Ioraith, ag radh, A mhaighistir, ata fhios againn gu bhuil thusa fior, agus gu bhuil thu teagasg slighe Dhe ann am firinn, agus nach bhuil suim agad do dhuine air bith: oir ni 'm bhuil thu ag amharc air pearsuibh dhaoine.

17 Uime sin innis dhuinne do bhar'ail, Am bhuil è ceaduicht' cis a thabhairt do Cheasar, no nach bhuil?

* chosamhlachda-san. † b'àill leo làmh a chur ann. ‡ masladh. § raidibh mòra. ‖ riabh-ghlacadh.

18 Ach air tuigsin am mioruin a dh' fosa, a dubhairt sè, Creud sa'm bhuil sibh ga m' bhuaireadh, a chealgoirean?

19 Nochduibh dhamh-sa airgiod na cise. Agus thug iad d'a ionnsuidh peghinn *.

20 Agus a dubhairt sè riu, Cia dha a bhuineas an iomhaidh so, agus an sciobhadh *ata m'a timchioll?*

21 A deir iadsan ris, Do Cheasar. A deir eisean riu ann sin, Thugaibh uime sin do Cheasar na nithe 's le Ceasar; agus do Dhia, na nithe 's le Dia.

22 Agus air dhoibh *so* a chluinntin, ghabh siad iongantas, agus air dhoibh fhàgail, dh'imich iad rompa.

23 Air an là sin fein thainig d'a ionnsuidh na Sadduisich, a deir nach bhuil eiseirigh ann, agus chuir iad ceisd air,

24 Ag radh, A mhaighisdir, a dubhairt Maois, Ma gheibh duine bàs gun chlann aige, gur còir d'a bhràthair a bhean-san a phòsadh a dhlighe dàimh', agus sliochd a thogbhail d'a bhràthair.

25 Anoise bha seachdnar bhràithre 'n ar measg-ne, agus air do'n cheud fhear dhiubh bean a phòsadh, fhuair sè bàs, agus do bhri' nach raibh sliochd aige, dh'fhàg sè a bhean d'a bhràthair.

26 Agus *thachair* mar an ceudna do'n dara, agus do'n treas *bràthair*, gu ruig an seachdmhadh.

27 Agus 'n an diaigh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

28 Air an àdhbhar sin ann san eiseirigh, cia do'n t seachdnar d' am bean i? Oir bha i ac' uile.

29 Agus air freagairt do Iosa a dubhairt sè riu, Ata sibh air * seacharan, gun eòlas agaibh air na sciobtuiribh no air cumhachd Dhe.

30 Oir ann san eiseirigh ni 'n dean siad pòsadh, ni mò a bheirthear am pòsadh iad; ach ata siad mar aingil Dhe air neamh.

31 Ach mu thimchioll eiseirigh nam marbh, nach do leugh sibh an ni sin 'a labhradh ribh le Dia, ag radh,

32 Is mise Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacob? ni h è Dia Dia nam marbh, ach nam beo.

33 Agus an uair a chual' am pobull *so*, ghabh siad iongantas r'a theagasg-san.

34 Ach an t ann do chuala na Phairisich gur chuir sè na Sadduisich 'n an tosd, chruinnicheadh iad ann ceann a chéile.

35 Ann sin do chuir neach àraidh dhiubh, a b'fhear teagaisg an lagha, ceisd *air*, 'g a dhearbhadh, agus ag radh,

36 A mhaighisdir, cia i an àithn' a's mò san lagh?

37 A dubhairt Iosa ris, Gràdhuichidh tu an Tighearna do Dhia le d'uile chroidhe, agus le d'uile anam, agus le d' uil' inntin.

38 'Si so a' cheud *àithne* agus an àithne mhòr.

39 Agus *is* cosmhuil an dara ria so, Gràdhuichidh tu do choimhearsnach mar thu fein

40 Ann san dà àithne so ata suim an lagha uile, agus nam faidhean.

41 Ach air do na Phairisichibh bhi cruinn ann ceann a chéile, dh'fheòraich Iosa dhiubh,

42 Ag radh, Creud i bhur bar'ailse mu thimchioll Chriosd? co d'am mac è? a deir iadsan ris, Do Dhaibhi.

43 A deir eisean riu, Cionnas ma seadh a ghoireas Daibhi san spiorad a Thighearna dheth, ag radh,

44 A dubhairt an Tighearna re m' Thighearna, Suidh air mo làimh dheis, gus an cuir mi do naimhde 'n an stòl fuidh d'chosaibh?

45 Air an àdhbhar sin ma ghoireas Daibhi a Thighearna dheth, cionnas is mac dha è?

* b'ionnan a' pheghinn *Romhanach* agus 7 ½ d. † iomrosl.

46 Agus ni 'm bu chomafach aon neach freagradh fam bith a thabhairt air; ni mò a bha chroidh' aig aon neach o'n là fin fuas ni air bith fheòraich dheth.

CAIB. XXIII.

1 *Ata Criofd ag comhairleach' a' phobuill eifteachd re deadh theagafg nan fgriobhuichean, agus nam Phairifeach; ach gun an droch eifiomplair a leantuin: 5 's còir d'a dheifciobluibh bhi air am faicill ann aghaidh an uabhair.* 13 *Ata fè a' gairm ochd dhòghrainnean ann aghaidh an ceilg agus an doille,* 34 *agus ag innfeadh roimh-làimh fgrios Ierufalem.*

ANN fin labhair Iofa ris an t fluagh, agus r'a dheifciobluibh fein,

2 Ag radh, Ata na fcriobhuichean agus na Phairifich 'n an fuidhe ann an caithir Mhaois.

3 Air an àdhbhar fin gach uile nithe dh'iarras iad oirbhs' a * choimhead, coimheadhuibh agus deanuibh *iad;* ach na deanuibh do reir an oibridh: oir a deir fiad, agus ni 'n dean iad.

4 Oir ceanglaidh fiad uallaiche troma, agus do-iomchar, agus cuirfidh fiad *iad* air guailnibh dhaoine, gidheadh ni'n caruich fiad fein iad le h aon d'am mèuraibh.

5 Ach an oibridh uile ata fiad a' deanamh chum am bi air am faic fin le daoinibh: ni fiad am Phiolaeteridh leathan, agus iomall an eadaich mòr.

6 Agus is ionmhuinn leo na ceud ionada-fuidh' ann fna féifdibh, agus na ceud chaithriche ann fna coimhthionaluibh,

7 Agus failtidh *fhaghail* air na margaibh, agus daoine a ghairm Rabbi, Rabbi dhiubh.

8 Ach na goirthear Rabbi dhibhfe: oir is aon àrd-mhaighifdir ata aguibh, Criofd; agus is braithre fibh fein uile.

9 Agus na goir'ibh bhur n athair do dhuine fam bith air talamh: oir is aon Athair ata aguibh, neach ata air neamh.

10 Ni mò a ghoirthear àrd-mhaighifdiridh dhibh: oir is aon àrd-mhaighifdir ata aguibh, *eadhon* Criofd.

11 Ach an ti a's mò 'n ar méafg, bithidh fè 'n a òglaoch aguibh.

12 Agus ge b'è neach a dh'àrduicheas è fein, ìflichear è; agus ge b'è neach a dh'ìflicheas è fein, àrduichear è.

13 Ach is an-aoibhinn dhuibhs', a fcriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir ata fibh a' druideadh rioghachd nèimh' ann aghaidh dhaoine: oir cha d'theid fibh fein a fteach, agus ni 'm fulaing fibh do'n dream a 'tà dol a ftigh dol ann.

14 Is an-aoibhinn dhuibh, a Scriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir ata fibh ag itheadh fuas tighean bhantracha, agus air fgà' † fgèimhe a' deanamh ùrnuighean fada; uime fin gheibh fibh an damnadh a's mò.

15 Is an-aoibhinn dhuibh, a Sgriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir ata fibh a' gabhail timchioll mara agus tire, chum aon duine a dheanamh d'ar creidimh fein, agus an t ann a bhitheas fè deanta, ni fibh mac ifrinn dheth dà uair ni 's mò na fibh fein.

16 Is an-aoibhinn dhuibh, ‡ a chinn-iuil dhalla, a deir, Ge b'è duin' a bheir mionnan air an teampull, cha ni air bith fin: ach ge b'è bheir mionnan air òr an teampuill, ata fè ciontach.

17 Amadana, agus a dhaoine dalla: oir co ac' a's mò an t òr, no an teampull a 'ta naomhachadh an òir?

18 Agus, Ge b'è bheir mionnan air an altair, ni 'm bhuil fuim ann: ach ge b'è bheir mionnan air an

* ghleidheadh. † deadh-chos'lais. ‡ a luchd feolaidh.

an tiodhlac' ata uirre, ata fè coireach.

19 Amadana, agus a dhaoine dalla: oir co ac' a's mò an tiodhlac', na 'n altair a 'ta naomhachadh an tiodhlaic?

20 Air an ådhbhar fin ge b'è mhionnuicheas air an altair, ata fè a' mionnachadh uirre fein, agus air gach ni a 'ta uirre.

21 Agus ge b'è mhionnuicheas air an teampull, ata fè mionnachadh air-fin, agus air an Ti a 'ta 'n a chomhnuidh ann.

22 Agus ge b'è neach a mhionnuicheas air neamh, ata fè a' mionnachadh air righ-chaithir Dhe, agus airfin a 'ta 'n a fhuidh' uirre.

23 Is an-aoibhinn dhuibh, a Sgriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir ata fibh a' tabhairt an deachmha' as a' mhionnt, agus an anìfe, agus a' chuimin, agus dhìobair fibh nithe cud-thromach' an lagha, comhthrom, tròcair, agus fìrinn: bu chòir duibh iad fo a dheanamh, agus gun iad fùd fhàgail gun deanamh.

24 A chinn-iuil dhalla, a fhìolanas a' mhion-chuileag, agus a fhluigeas an câmhal.

25 Is an-aoibhinn dhuibh, a Sgriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir glanuidh fibh an taobh amuigh do'n chupan, agus do'n mhèis, ach ata fiad an taobh a ftigh làn do reubuinn, agus dh'an-bharra.

26 Phairifich dhoill, glan air tùs an taobh a ftigh do'n chupan agus do'n mhèis, chum as gu 'm bi an taobh a muigh dhiubh glan mar an ceudna.

27 Is an-aoibhinn dhuibh, a Sgriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir is cofmhuil fibh re uaighibh gealuicht', a 'ta deadhmhaifeach do'n taobh a muigh, ach ata do'n taobh a ftigh làn do chnàmhaibh dhaoine marbh', agus do'n uile fhalchar.

28 Mar an ceudna 'ta fibhs' an leth a muigh am fiadhnuis dhaoine ann cos'las fhìreana, ach do'n taobh a ftigh làn ceilg, agus eafaontais.

29 Is an-aoibhinn dhuibh, a Sgriobhuiche agus Phairifiche, a chealgoirean; oir ata fibh ag togbhail thuama nam fàidhean, agus a' deanamh Lic-lithidh nam firean deadh-mhaifeach.

30 Agus ag radh, Nam bithcamaid ann laithibh ar n aithreacha, cha bhitheamaid pàirteach riu am fuil nam fàidhean.

31 Is mar fin ata fibh 'n ar fiadhnuifibh 'n ar n aghaidh fein, gur fibh clann na muintir ud a mharbh na fàidhean.

32 Mar fin lìonuibh-fe fuas tomhas bhur n aithreacha *fein*.

33 A naithreacha nimhe, a fhiol nan naithreacha nimhe, cionnas a dh'fheudar leibh dol as o dhamnadh ifrinn?

34 Air an ådhbhar fin, fèuch, cuirimfe d'ar ionnfuidh fàidhe, agus daoine glice, agus fgriobhuichean; agus *cuid* dhiubh marbhaidh agus ceufuidh fibh, agus *cuid* dhiubh fgiurfaidh fibh ann bhur fionagoguibh, agus ni fibh geur-leanmhuin *orra* o bhaile gu baile:

35 Chum as gu 'n d'thig oirbh gach uile fhuil fhireanta dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil fhireanta, gu fuil Shacharias, mhic Bharachias, neach a mharbh fibh eidir an teampull agus an altair.

36 Gu fìrinneach a deirim ribh, Gu'n d'thig na nithe-fe uile air a' ghinealach fo.

37 A Ierufalem, a Ierufalem, a mharbhas na fàidhe, agus a ghabhas do chlochaibh air an droing a chuirear a' t ionnfuidh, cia minic

a b'àill leam do chlann a chruinneachadh r'a chéile mar a chruinnicheas cearc a h eòin fuidh sgiathaibh, agus cha b'àill leibh!

38 Fèuch, fàgar bhur tigh aguibh 'n a fhàsach.

39 Oir a deirimse ribh, nach fhaic sibh mise o so suas, gus an abair sibh, 'S beannuicht' an Ti a thig ann ainm an Tighearna.

CAIB. XXIV.

1 *Ata Crioſd ag innſeadh roimhlaimh ſgrios Ierusalem:* 3 *creud iad agus cia mòr na triobloidibh a bhitheas roimhe ſin:* 29 *comharthaidh a theachd gu breitheamhnas:* 36 *agus air ſon gu 'm bhuil an là ſin foluicht' oirnne,* 42 *bu chòir dhuinn mar dheadhſheirbhiſich faire a dheanamh, le ſùil a bhi againn gach uile mhionaid re teachd ar maighiſdir.*

AGUS air fàgail an teampuill do Iosa, dh'imthich sè; agus thainig a dheiscibuil d'a ionnsuidh, a nochdfadh dha aitreabh an teampuill.

2 Agus a dubhairt Iosa riu, Nach faic sibh iad so uile? gu firinneach a deirimse ribh, Nach fàgar cloch air muin cloich' ann so, nach tilgear sios.

3 Agus air suidh' dha air sliabh nan oluidh', thainig a dheiscibuil d'a ionnsuidh * os iosal, ag radh, Innis dhuinne, c'uin a thig na nithe-se *gu crìch?* agus creud e comharth' do theachd-sa, agus dheireadh an t saoghail?

4 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt sè riu, Thugaibh an aire nach meall aon neach sibh.

5 Oir thig mòran a' m' ainmse, ag radh, Is mise Crioſd: agus meallaidh siad mòran.

6 Agus cluinnidh sibh coguidh, agus † tuairisgeul cogaidh: thugaibh an aire nach bi sibh sui' bhuaireadh: oir is eigin do na *nithibh-se* uile ‡ teachd gu crìch, ach ni 'm bhuil an deireadh ann fòs.

7 Oir eir'idh cinneach ann aghaidh cinnich, agus rioghachd ann agaidh rioghachd: agus bithidh gorta agus plàigheanna agus crioth-anna talmhain am mòran a dh'àitibh.

8 Agus ni bhuil ionnta so uile ach toiseach amhghara.

9 Ann sin bheir siad thairis sibh chum trioblóid, agus marbhaidh iad sibh: agus bithidh fuath aig gach uile chinneach dhuibh air sgà' m' ainmse.

10 Agus ann sin gheibh mòran oilbheum, agus brathaidh iad a chéile, agus bithidh fuath aca d'a chéile.

11 Agus eir'idh mòran a dh'fhàidhibh bréige, agus mealluidh siad mòran.

12 Agus do bhri' gu'm bi an eacoir air a mèudachadh, fuaruichidh gràdh mhòrain.

13 Ach ge b'è bhitheas seasmhach chum na crìch', 's è so a shlànuichear.

14 Agus bithidh soisgeul so na rioghachd air a shearmonach' air feadh an domhain uile, mar fhia'nuis do na h uile chinneachaibh, agus ann sin thig an deireadh.

15 Air an àdhbhar sin an tann do chi sibhse gràinealachd an léirsgrios, air an do labhair Daniel am faidh. 'n a seasamh ann san ionad naomha; (tuigeadh an ti a leughas)

16 Ann sin teicheadh iadsan, *a 'ta* ann *tìr* Iudea, chum nam beann.

17 An ti a 'ta air mullach an tighe, na d'thigeadh è anuas a thabhairt ni sam bith *leis* as a thigh:

18 Agus an ti a 'ta air a' mhachthir, na pilleadh è air ais a thogbhail eaduich *leis.*

19 Agus is an-aoibhinn do na *mnaibh* torrcha, agus dhoibhsin a bheir

* ann uaignidheas. † iomradh. ‡ tachairt.

bheir cìoch uatha ann sna laithibh sin.

20 Ach guidhibhse gun bhur teicheadh a bhi sa gheamhradh, no air an t sabaid:

21 Oir ann san àm sin bithidh amhghar mòr ann, amhail nach raibh ann o thùs an domhain gus anois', agus nach mò a bhitheas a choidhch'.

22 Agus mur biodh na làithe sin air an giorrachadh, ni 'm biodh feoil sam bith air a tearnadh: ach air son nan daoine taghta bithidh na làithe ud air an giorrachadh.

23 Ann sin ma deir aon duine ribh, Feuch, *ata* Criosd ann so, no ann sùd: na creidibh è.

24 Oir eir'idh Criosdanna bréige, agus faidhean bréige, agus ni siad comharthaidh agus miorbhuile mòra, ionnas gu mealladh siad (nam feudadh è bi) na daoine taghta fein.

25 Feuch, dh'innis mi dhuibh è roi'-laimh.

26 Uime sin ma deir siad ribh, Feuch, ata se san fhàsach, na rachaibh amach: seuch, *ata se* sna seomraichibh uaigneach, na creidibh *sin*.

27 Oir a reir mar a thig an dealanach o'n àird an ear, agus a dhealruicheas i gus an àird an iar; mar sin mar an ceudna bhitheas teachd Mhic an duine.

28 Oir ge b'è ball am bi a' * chairbh, is ann an sin a chruinnichear na h ioluirean.

29 Air ball ann diaigh triobloid nan làith' ud, dorchuichear a' ghrian, agus ni 'n tabhair a' ghealach a solus, agus tuitidh na reulta o neamh, agus bithidh cumhachda nan neamha air an crathadh.

30 Agus ann sin foillsichear comharth' Mhic an duine ann neamh: agus ann sin ni uile threibhe na talmhain bròn, agus chi siad Mac an duine a' teachd air nèulaibh nèimh', le cumhachd agus glòir ro-mhòir.

31 Agus cuirfidh se 'mach Aingil le fuaim mhòir na galltruimp, agus cruinnichidh siad a shluagh taght' o na ceithir gaothaibh, o leith-iomall nèimhe gus an leith-iomall eile.

32 Ach fòghlomuibh cosamhlachd o'n chrann fhìge: an uair a bhitheas a' gheug anoise maoth, agus a dh'fhàsas *a* duilleach, aithnichidh sibh gur fogus an samhra':

33 Agus mar an ceudna, an uair a chi sibhse na nithe-se uile, biodh fios agaibh gu bhuil se am fogus *eadhon* aig na dorsaibh.

34 Gu deimhin a deirim ribh, Nach d'theid an ginealach so sein thart', gus an tachair na nithe-se uile.

35 Theid neamh agus talamh thart', ach ni 'n d'theid mo bhriathra-sa thart' a choidhch'.

36 Ach ni 'm bhuil fios an là no na h uaire ud aig duin' air bith, no fòs aig ainglibh Nèimh', ach aig m' Athairs' amhàin.

37 Ach amhail *a bha* làithe Naoi, is mar sin mar an ceudna a bhitheas teachd Mhic an duine.

38 Oir mar a bha iad ann sna laithibh roi' 'n tuil, ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus a' tabhairt am pòsadh, gus an là an deachuidh Naoi a steach san àirc;

39 Agus ni 'n raibh fhios aca gus an d'thainig an tuil, agus an do thog si lè iad uile; is mar sin mar an ceudna a bhitheas teachd Mhic an duine.

40 Ann sin bithidh dias air a' mhach-thir, gabhar fear aca, agus fàgfar am fear eile.

41 Bithidh dias *bhan* a' † meileadh ann sa mhuileann, gabhar a h aon aca, agus fàgfar ‡ an aon eile.

42 Uime sin deanuibhse faire, oir

* chlosach.

† bleath', ‡ an te eile.

ni 'm bhuil fhios agaibh cia an uair an d'thig bhur Tighearna.

43 Ach biodh fhios fo agaibh, nam b'fhiosrach fear an tighe cia an uair an d'thigeadh an gaduich', gu 'n deanadh fè faire, agus cha 'n fhulaingeadh è gu 'm brisfeadh a thigh trìd.

44 Uime sin bithibhse ullamh mar an ceudna: oir is ann san uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine.

45 Co è ma seadh a 'ta 'n a òglaoch fìrinneach agus glic, neach a chuir a Thighearna os cionn a mhuintir, a thabhairt bìdh dhoibh 'n a àm fein?

46 'S beannuicht' an t òglaoch ud, neach a gheibh a Thighearna re àm dha teachd, a' deanamh mar sin.

47 Gu deimhin a deirim ribh, gu 'n cuir fè è os cionn a mhaoin gu h iomlan.

48 Ach ma deir an droch sheirbhiseach ud 'n a chroidhe, Ata mo Thighearna cur dàil ann a theachd,

49 Agus ma thòsaicheas è air a choi'-sheirbhisich a bhualadh, agus air itheadh agus òl maille re luchd-meisge:

50 Thig Tighearna an òglaoich ud ann an là nach bhuil sùil aige ris, agus ann an uair nach fios da;

51 Agus gearraidh fè 'n a bhloidibh è, agus bheir fè a chuibhrionn *da* maille re luchd an fhuar-chràbhaidh; ann sin bithidh gul agus giosgan fhiacail.

CAIB. XXV.

Far am bhuil againn, 1 *parabal nan deich òighean,* 14 *Agus nan talanna:* 31 *mar an ceudna mìninnseadh mu'n bhreitheamhnas dheireannach.*

ANN sin * bithidh rioghachd Nèimhe cosmhuil re deich òighibh, a thug leo an † lòchrain, agus a chuaidh amach ann co'-dhail an fhir-nuadh-phòsda.

2 Agus bha cuigear dhiubh glic, agus cuigear aimideach.

3 Thug iadsan a bha aimideach an lòchrain *leo,* ach ni'n d'thug siad ola leo.

4 Ach iadsan a bha glic thug siad ola leo 'n an soithichibh maille r' an lòchranaibh.

5 Agus air deanamh moille do'n fhear-nuadh-phòsda, || thuit clò codail orr' uile, agus suain.

6 Ach ann sa mheadhon oidhche rinneadh glaodh, Fèuch, ata 'm fear-nuadh pòsda ag teachd, rachaibh amach d'a choinniuchadh.

7 Ann sin dh'eirich na h òighean ud uile, agus dheasuich siad an lòchrain.

8 Agus a dubhairt na *h òighean* aimideach riu-san *a bha* glic, Tabhruibh dhuinne *cuid* do bhur n ola, oir ata ar lòchrain air dol as.

9 Ach fhreagair iadsan *a bha* glic, ag radh, *Ni h eadh*; § air eagal nach bi na leòir ann dhuinn sein agus dhuibhse: ach gu ma fearr libh dol a chum an luchd-reice', agus ceannuichibh dhuibh fein.

10 Agus am feadh a bha siad ag dol a cheannach', thainig am fear-nuadh-pòsda, agus chuaidh iadsan a bha ullamh a steach leis chum a' phòsaidh, agus dhruideadh an dorus.

11 Agus 'n a dhiaigh sin thainig na h òighean eile, ag radh, A Thighearna, a Thighearna, fosgail dhuinne.

12 Ach air freagairt dha-san a dubhairt fè, Gu deimhin a deirim ribh, nach bhuil eòlas agam oirbh.

13 Deanaibh faire air an àdhbhar sin, do bhri' nach aithne dhuibh an là no an uair, air an d'thig Mac an duine.

14 Oir

* Samhluichear rioghachd nèimh'.

|| sinn siad dùsal uile, agus choidil siad.

† lampuidh.

§ 'm freasdal.

14 Oir is cosmhuil *rioghachd nèimh'* re duine a' dol air choigrich, neach a ghoir a sheirbhisich fein, agus thug sè dhoibh a mhaoin *'n an làimh :*

15 Agus do h aon diubh thug sè cuig talanna, agus do neach eile a dhà, agus do neach eile a h aon ; do gach aon fa leth a reir a * neirt, agus air ball ghabh sè a thurus.

16 Agus dh'imich eisean a fhuair na cuig talanna, agus rinn sè ceannuigheachd leo, agus bhuannuich sè cuig talanna eile.

17 Agus mar an ceudna eisean *a fhuair* a dhà, bhuannuich è dias eile.

18 Ach an ti a fhuair a h aon, air dha im'eachd chladhaich è san talamh, agus dh'fholaich sè airgiod a mhaighistir.

19 Taireis aimsir shada thainig Tighearna nan seirbhiseach ud, agus rinn sè cunntas riu.

20 Agus thainig eisean a fhuair na cuig talanna, agus thug è *leis* cuig talanna eile, ag radh, A Thighearna, thug thu dhamh-sa cuig talanna : sèuch, bhuannuich mi cuig talanna eile thuilleadh orra.

21 Agus a dubhairt a Thighearna ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich fhìrinneich ; bha thusa fìrinneach ann am beagan, cuiridh mise os cionn mhòrain thu : rach-sa steach ann an aoibhneas do Thighearna.

22 Agus air teachd dha-san a fhuair an dà thalann, a dubhairt sè, A Thighearna, thug thu dhamh-sa dà thalann : sèuch, bhuannuich mi dà thalann eile thuilleadh orra.

23 A dubhairt a Thighearna ris, 'S maith, a deadh sheirbhisich fhìrinneich ; bha thusa fìrinneach ann am beagan *do nithibh*, cuiridh mise os cionn mòrain dò nithibh thu : rach-sa steach ann an aoibhneas do Thighearna.

24 Ach air teachd dha-san a fhuair an aon talann a dubhairt sè, A Thighearna, † bha fhios agam gur duine cruaidh thu, a bhuaineas san àite nach do chuir thu, agus a thionalas san ionad ann snach do sgaoil thu :

25 Agus air dhamh bhi fui' eagal, chuaidh mi agus dh'fholaich mi do thalann san talamh : sèuch, sin agad do chuid fein.

26 Air freagairt d'a Thighearna a dubhairt sè ris, A sheirbhisich uilc agus leisg, bha fhios agad gu buainim se san àite ann snach do chuir mi, agus gu tionalam as an ionad ann snach do sgaoil mi ;

27 Bu chòir duit uime sin m'airgiod a thabhairt do'n luchd malairt, agus air dhamh teachd gheibhinn mo chuid fein maille r'a ‡ riadh.

28 Buinibh uaithe uime sin an talann, agus thugaibh dha-san è, aig am bhuil na deich talanna.

29 (Oir do gach neach aig am bheil bheirthear, agus bithidh aige gu pailt' : ach uaithe-sin aig nach bheil, bheirthear eadhon a' ni sin ata aige.)

30 Agus tilgibhs' an seirbhiseach mi-tharbhach *sin* do dhorchadas iomallach : ann sin bithidh gul agus gìosgan fhiacail.

31 An uair a thig Mac an duine ann a ghlòir fein, agus na h aingil naomha uile maille ris, ann sin suidhidh sè air caithir rioghail a ghlòire.

32 Agus cruinnichear 'na làthair-sin na h uile chinnich ; agus sgaraidh sè iad o chéile, amhuil a || sgaras buachaill' a chaoirich o na gabhruibh :

33 Agus cuiridh sè na caoirich air a dheis, ach na gabhair air a làimh chlì.

34 Ann sin a deir an Righ riu-san air a dheis, Thigibh, a shluagh ata beannuicht'

* chemais. † b' aithne dham h. ‡ phiseach. || thearbaidheas.

beannuicht' le m' Athair-fe, fealbhuichibh mar oighreachd an Rioghachd ata air a deafachadh dhuibh o leagadh bunaite an domhain :

35 Oir bha mi ocrach, agus thug fibh dhamh biadh : bha mi *tart-mhor, agus thug fibh dhamh deoch : bha mi a'm' choigreach, agus thug fibh aoidheachd dhamh :

36 Lomnochd, agus dh'eadaich fibh mi : bha mi eaflan, agus thainig fibh do m' amharc : bha mi am prìofun, agus thainig fibh a'm' ionnfuidh.

37 Ann fin freagraidh na fìreanaidh è, ag radh, A Thighearna, c'uin a chunnairc finn ocrach thu, agus a bheathaich finn *thu?* no paiteach, agus a thug finn deoch *dhuit?*

38 No c'uin a chunnairc finn a'd' choigreach thu, agus a thug finn aoidheachd *dhuit?* no lomnochd, agus a dh'eadaich finn *thu?*

39 No c'uin a chunnairc finn eaflan thu, no am prìofun, agus a thainig finn a' tionnfuidh ?

40 Agus freagraidh an Righ agus their fè riu, Gu deimhin a deirim ribh, a mhèud 's gu'n do rinn fibh *è* do haon do na bràithribh-fe a's lugha agamfa, rinn fibh dhamh-fa è.

41 Ann fin a deir fè mar an ceudna riu-fan air an làimh chli, Im'ichibh uam, a fhluagh malluichte, dh'ionnfuidh an teine fhiorruidh, a dh'ull'uicheadh do'n diabhol agus d'a ainglibh :

42 Oir bha mi ocrach, agus cha d'thug fibh dhamh biadh : bha mi paiteach, agus cha d'thug fibh dhamh deoch :

43 Bha mi a'm' choigreach, agus cha d'thug fibh aoidheachd dhamh : lomnochd, agus cha d'eadaich fibh mi : ea-flan, agus am prìofun, agus cha d'thainig fibh a m' amharc.

* iotmhor. † luchd riaghluidh.

44 Ann fin freagraidh iadfan mar an ceudna è, ag radh, A Thighearna, c'uin a chunnairc finne thu ocrach, no paiteach, no d'choigreach, no lomnochd, no eaflan, no am prìofun, agus nach d'rinn finn frithealadh dhuit ?

45 Ann fin freagraidh eifean iad, ag radh, Gu deimhin a deirim ribh, a mhèud 's nach d'rinn fibh *è* do'n neach a's lugha dhiubh fo, cha d'rinn fibh dhamh-fa *è*.

46 Agus im'ichidh iad-fan chum peanais thiorruidh ; ach na fìreanaidh chum na beatha mairtheanaich.

CAIB. XXVI.

Far am bhuil air an cur fios, 1 *comhairle agus ceannairc nan uachdaran ann aghaidh Chriofd :* 6 *ata bean ag ungadh a chinn :* 14 *Iudas 'g a reic'.* 17 *Ata Criofd ag itheadh na càifg' :* 26 *ag òrduchadh a fhuipeir naomha :* 36 *a' deanamh ùrnuigh fa ghàradh :* 47 *Agus air dha bhi air a bhrath' le pòig, 'ta fé air a thabhairt chum Caiaphas,* 69 *agus air àichfheunadh le Peadar.*

AGUS tharladh, 'nuair a chriochnaich Iofa na briathra fin uile, gu 'n dubhairt fè r'a dheifciobluibh,

2 Ata fhios agaibh gu 'm bhuil a' chàifg 'n diaigh dà laethe, agus ata Mac an duine air a bhrath' chum a cheufaidh.

3 Ann fin chruinnich uachdarain nan fagart, agus na fgriobhuichean, agus † feanoiridh a' phobuill, gu talla an àrd-fhagairt, d'an goirthear Caiaphas,

4 Agus ghabh iad comhairle *le chéile* chum Iofa a ghlacadh le feall, agus a chur gu bàs.

5 Ach a dubhairt fiad, Na *deanamaid* è fan fhéift, air eagal gu 'm bi buaireas a' meafg a' phobuill.

6 Agus

6 Agus air do Iosa a bhi ann am Betani, ann tigh Shimoin an Iobhair,

7 Thainig bean d'a ionnsuidh aig an raibh bocsa Alabastair làn a dh' ola ro-phrìseil, agus dhòirt i air a cheann-san *è*, agus è 'n a shuidhe aig *biadh*.

8 Ach air fhaicsin *sin* d'a dheisciobluibh, bha fearg orra, ag radh, Ciod is ciall do'n ana caitheamh so?

9 Oir dh'fheudadh an t ola so bhi air a reic' air mhòran, agus a bhi air a thabhairt do na bochdaibh.

10 Ach air aithneachadh *so* do Iosa, a dubhairt sè riu, C'ar son ata sibh a' cur dragh' air a' mhnaoi? oir rinn si deadh obair ormsa.

11 Oir ata agaibh an bochdan a ghnà' mailte ribh, ach ni bhuil mise agaibh a ghnà'.

12 Oir air dòrtadh an ola-sa dh'i air mo chorp-sa, is ann sa chomhair m' adhlaic' a rinn si *è*.

13 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è àite am bi an soisgeuls' air a shearmonachadh air feadh an t saoghail gu h iomlan, aithrisear an ni so a rinn i, mar chuimhne uirre.

14 Ann sin dh'imich aon do'n da-fhear-dheug, d' am b'ainm Iudas Iscariot, chum nan àrd-shagarta,

15 Agus a dubhairt sè, Ciod a bheir sibh dhamh-sa, agus brathaidh mise dhuibh è? Agus chòrd iad ris air dheich * pìosaibh fichead airgid.

16 Agus o'n àm sin amach dh'iarr sè † sàth air eisean a bhrath'.

17 Agus air a' cheud *là dh'fhéisd* an arain gun làbhuin, thainig na deisciobuil chum Iosa, ag radh ris, C'àit' an àill leat sinne a dh'ull'achadh dhuit, chum as gu 'n ith thu a' chàisg?

18 Agus a dubhairt eisean, Rachaibh do'n bhaile ‡ gu duine àraidh, agus abraibh ris, A deir a' maighistir, Ata m' àm am fogus, gleidhidh mi a' chàisg aig do thighse maille re m' dheisciobluibh.

19 Agus rinn na deisciobuil mar a dh'òrduich Iosa dhoibh, agus dheasuich siad a' chàisg

20 Agus air teachd do'n fheasgar, shuidh è maille ris an dà-fhear-dheug.

21 Agus ag itheadh dhoibh, a dubhairt se, Gu deimhin a deirim ribh, gu 'm brath fear dhibh mise.

22 Agus air dhoibh bhi robhrònach thòsaich gach aon aca sa leth air a radh ris, A' mise *è*, a Thighearna?

23 Agus fhreagair eisean, agus a dubhairt se, An ti a thumas a làmh sa mhèis maille riumsa, brathaidh eisean mi.

24 Gu deimhin ata Mac an duine ag im'eachd, do reir mar ata è sgriobht' m'a thimchioll: ach is an-aoibhinn do'n duine sin, le 'm brathar Mac an duine: bu mhaith do'n duine sin, mur beirte' riamh è.

25 Ann sin air freagairt do Iudas, a bhraith eisean, a dubhairt se, A mhaighistir, am mise è? A dubhairt eisean ris, A dubhairt thu.

26 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Iosa aran, agus bheannuich, agus bhris se *è*, agus thug se do na deisciobluibh *è*, agus a dubhairt se, Gabhaibh, ithibh; 's e so mo chorp-sa.

27 Agus air glacadh a' chupain, agus air tabhairt buidheachais, thug se dhoibhsin *è*, ag radh, Oluibh uile dhe':

28 Oir is-i so m' fhuil-se na tiomnaidh nuaidh, a dhòirtear air son mhòrain chum maitheamhnais peacaidh.

29 Ach a deirim ribh, Nach òl mi

* buinn. † co'bhrom. ‡ gus a leithid so a dhuine.

mi o fo fuas do'n toradh fo na fìneamhain, gus an là fin an òl mi è nuadh maille ribh ann an Rioghachd m'Athar.

30 Agus air dhoibh laoidh a fheinn, chuaidh fiad amach gu fliabh nan Oluidh'.

31 Ann fin a dubhairt Iofa riu, Gheibh fibhs' uile oilbheum annams' a nochd: oir ata è fgriobhta, Buailidh mi am buachaill', agus fcapar caoirich na tréid.

32 Ach ann diaigh dhamhs' eirigh a-rìs, theid mi romhaibh do'n Ghalilee.

33 Agus air freagairt do Pheadar a dubhairt fè ris, Ge do gheibh gach uile dhaoine oilbheum ionnad, ni 'm fuigheams' oilbheum gu bràth.

34 A dubhairt Iofa ris, Gu deimhin a deirim riut, air an oidhche fo fein mu 'n goir an coileach, gu 'n àichfheun thu mi tri uaire.

35 A deir Peadar ris, Ge do b' éigin dhamh bàfachadh maille riut, cha'n àichfheun mi thu. Agus a dubhairt na deifciobuil uile mar an ceudna.

36 Ann fin thainig Iofa maille riu gu ionad d'an goirthear Gethfemane, agus a deir fè ris na deifciobluibh, Suidhibhs' ann fo, gus an rachams' a dheanamh ùrnuigh ann fûd.

37 Agus air tabhairt Pheadair leis, agus dias mhac Shebedee, thòfaich fè air a bhi du'-bhrònach, agus ro-dhoilghiofach.

38 Ann fin a deir fè riu, Ata m'anam ro-bhrònach, eadhon gu bàs: fanuibhs' ann fo, agus deanaibh faire maille riumfa.

39 Agus air dha im'eachd beagan * air adhart, thuit fè air aghaidh, a' deanamh ùrnuigh, agus ag radh, O m' Athair, ma dh'fheudas è bhi, rachadh an cupan-fa feachad orm: gidheadh, na biodh è mar is toil fcamfa, ach mar is *àill* leatfa.

* air aghaidh.

40 Agus thainig fè chum nan deifciobul, agus fhuair fè 'n an codal iad, agus a deir fè re Peadar, An ann mar fin, nach b' urradh fibh faire a dheananih maille riumfa aon uair *ambàin?*

41 Deanaibh faire agus ùrnuigh, chum as nach tuit fibh am buaireadh: *ata* gun amharus an fpiorad togarach; ach *ata* 'n fheoil † anmhunn.

42 Air dha im'eachd a-rìs an dara uair, rinn fè ùrnuigh, ag radh, O m' Athair, mur feudar gu'n d'theid an cupan fo feachad orm, gun mi 'g a òl, do thoil-fe gu 'n raibh deanta.

43 Agus air dha teachd fhuair fè iad a-rìs 'n an codal: oir bha an fûile trom.

44 Agus air dha 'm fagail, agus im'eachd a-rìs, rinn fè ùrnuigh an treas uair, ag radh nam briathra ceudna.

45 Ann fin thainig è chum a dheifciobul, agus a deir fè riu, Coidlibh romhaibh anois', agus gabhaibh fois; fèuch, ata 'n uair air druideadh ruinn, agus ata Mac an duine air a bhrath' thairis ann làmhaibh pheacach.

46 Eir'ibh, im'icheamaid: fèuch, ata 'n ti a bhrathas mife 'm fogus.

47 Agus air dha bhi fòs a' labhairt, fèuch, thainig Iudas aon do 'n da-fhear-dheug, agus maille ris cuideachd mhòr le cloidhibh agus bataibh o na h ard-fhagartaibh agus o fheanoiribh a' phobuill.

48 'Noife bha an ti a bhraith eifean air tabhairt comharthaidh dhoibh, ag radh, Ge b'è neach a phògas mife, 's è fin è, deanaibh greim air.

49 Agus air ball thainig fè chum Iofa, agus a dubhairt fè, Fàilte dhuit a mhaighifdir; agus phòg fè è.

50 Ach

† lag.

50 Ach a dubhairt Iosa ris, A charaid, c'ar son a thainig thu? Ann sin thainig siad, agus chuir iad lamh ann Iosa, agus ghlac iad è.

51 Agus feuch, shin a h aon diubhs' a bha maille re Iosa a lamh, agus tharruing se a chloidheamh, agus air dha seirbhiseach an ard-shagairt a bhualadh, ghearr è a chluas deth.

52 Ann sin a dubhairt Iosa ris, cuir a-ris do chloidheamh air ais 'n a ionad fein: oir iadsan uil' a ghlacas an cloidheamh, tuitidh siad leis a' chloidheamh.

53 An saoil thusa nach fheud mise anois' m' Athair a ghuidheadh, agus bheir se dhamh tuill' is dà legion-deug a dh' ainglibh?

54 Ach cionnas ann sin a bhitheas na sgriobtuire air an coi'lionadh, *a deir* gur h ann mar so is eigin tachairt?

55 Ann san uair sin fein a dubhairt Iosa ris an t sluagh, An d'thainig sibh amach mar gu b'ann ann aghaidh gaduiche le cloidhibh agus bataibh chum mise a ghlacadh? Bha mi gach là a'm' shuidhe maille ribh san teampull a' teagasg, agus cha do chuir sibh lamh annam.

56 Ach thachair so uile, chum gu'm biodh sgriobtuire nam faidhean air an coi'-lionadh. Ann sin do thréig na deisciobuil uil' è, agus theich iad.

57 Agus air dhoibhse Iosa a ghlaca', thug iad leo *è* chum Caiaphas an t ard-shagart, far an raibh na Sgriobhuichean agus na seanoiridh air cruinneachadh.

58 Ach lean Peadar è fada uatha, eadhon gu talla an ard-shagairt, agus air dha dol a steach, shuidh e maille ris na seirbhiseachaibh dh'fhaicsin na crìche.

59 Agus dh'iarr na h ard-shagairtean agus na seanoiridh, agus a' chomhairle uile, fia'nais bhréig' ann aghaidh Iosa, chum eisean a chur gu bàs,

60 Agus ni'n d'fhuair iad: seadh, ge do thainig moran a dh' fhia'naisibh bréige, ni'n d'fhuair iad. Fa dheoidh thainig dà fhia'nais bhréige,

61 Agus a dubhairt siad, A dubhairt am *fear* so, Is urradh mise teampull De a leagadh, agus a thogbhail a-ris ann tri laithibh.

62 Agus air do'n ard-shagart eirigh, a dubhairt se ris, Nach freagair thu bheag? Creud è ata iad sin a' fianaiseachadh a' d' aghaidh?

63 Ach dh'fhan Iosa 'n a thosd. Agus air freagairt do'n ard-shagart a dubhairt se ris, Ata mi ga d' mhionnachadh air an Dia bheo, gu 'n innseadh tu dhuinne, an tu Criosd Mac Dhe.

64 A deir Iosa ris, A dubhairt thu: gidheadh a deirim ribh, 'N a dhiaigh so chi sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas-làimh cumhachd *Dhe*, agus a' teachd air neulaibh neimh'.

65 Ann sin reub an t ard-shagart eadach, ag radh, Gu 'n do labhair se blaispheme; ciod am feum tuilleadh ata againn air fia'naisibh? feuch, anois' chuala sibh a blaispheme.

66 Creud i bhur bar'ails'? Fhreagair iadsan agus a dubhairt siad, Ata è toillteanach air a' bhas.

67 Ann sin ghabh siad do shilibh 'n a eudan, agus bhuail iad le 'm basaibh è, agus ghabh cuid eil' air le slataibh,

68 Ag radh, Dean saidheadoireachd dhuinn a Chriosd, co è a bhuail thu?

69 Agus shuidh Peadar amach ann san talla: agus thainig cailin araidh d'a ionnsuidh, ag radh, Bha thusa mar an ceudna maille re h Iosa o'n Ghalilee.

70 Ach dh'àichsheun eisean 'n an làthair uile, ag radh, Ni 'm fios damh creud a deir tu.

71 Agus air dol amach dha do'n phòrsa, chunnairc *cailin* eil' è, agus a dubhairt si riu-san a bha 'n sin, Bha '*m fear* so mar an ceudna maille re h Iosa o Nasareth.

72 Agus dh'àichsheun è a-rìs le mionna, *ag radh*, Ni h aithne dhamh an duine.

73 Agus tamall beag 'n a dhiaigh sin thainig an dream a bha 'n an seasamh a làthair, agus a dubhairt siad re Peadar, Gu fìrinneach is diubh sùd fein thusa: oir ata do chainnt fein ga d' bhrath'.

74 Ann sin thòsaich è re mallachadh agus mionnachadh, ag radh, Ni h aithne dhamh an duine. Agus air ball ghoir an coileach.

75 Agus chuimhnich Peadar briathra Iosa, a dubhairt ris, Mu 'n goir an coileach, àichsheunaidh tu mi tri uaire. Agus air dol amach dha, ghuil è gu *geur.

CAIB. XXVII.

1 *Ata Crioſd air a thoirt thairis ceangailte do Phìlat.* 3 *Chroch Iudas è fein.* 19 *Ata Pilat a' faghail rabhaidh o mhnaoi,* 24 *ag ionnlad a làmh,* 26 *a' leigeadh Bharabbais fa ſgaoil:* 29 *'Ta Crioſd air a chrùnadh le droighionn,* 34 *air a cheuſadh:* 40 *An-cainnt air a tabhairt da:* 50 *'Ta ſè a' faghail bàis, agus air adhlacadh.* 66 *'Ta uaighſin air a ſeulachadh, agus ſaire air a cur uirre.*

AIR teachd do'n mhaidin, ghabh uachdarain nan ſagart uile, agus seanoiridh a' phobuill, comhairle le chéile ann aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs.

2 Agus air dhoibh eisean a cheangal, thug iad leo è, agus thug siad thairis è do Phontius Pilat an t uachdaran.

3 Ann sin air faicsin do Iudas a bhraith eisean, gu 'n do dhìteadh è, ghabh sè aithreachas, agus thug è air an ais na deich pìosa fichead airgid do na h àrd-shagartaibh, agus do na seanoiribh,

4 Ag radh, Do pheacuich mi, ann am brath' na fola neo-chiontaich. Ach a dubhairt iadsan, Ciod *è sin* duinne? amhairc thusa *air sin.*

5 Agus air tilgeadh uaithe nam pìosa airgid ann san teampull, dh'fhalbh sè, agus air im'eachd dha chroch sè è fein.

6 Agus air glacadh nam pìosa airgid do na h àrd-shagartaibh, a dubhairt siad, Cha chòir an cur san ionmhas, oir is luach sola iad.

7 Agus air gabhail comhairle dhoibh, cheannuich iad leo fearann a' Chriadh-fhir, † chum a bhi 'n a àit' adhlaic' do choigreachaibh.

8 Air an àdhbhar sin goirthear do'n fhearann ud, Fearann na fola, gus an diu.

9 (Ann sin choi'-lionadh a' ni a dubhradh le Ieremias am faidh, ag radh, Agus ghabh iad na deich pìosa fichead airgid, luach an ti a mheasadh, neach a mheas iadsan *a bha* do chloinn Israeil:

10 Agus thug siad iad air son fearainn a' Chriadh-fhir, mar a dh'òrduich an Tighearna dhamhsa.)

11 Agus sheas Iosa ann làthair an uachdarain; agus dh'fhiosruich an t uachdaran deth, ag radh, An tusa Righ nan Iudhach? Agus a dubhairt Iosa ris, A deir tu *e.*

12 Agus air do na h àrd-shagartaibh agus do na seanoiribh cùisean a chur as a leth, nior fhreagair sè ni sam bith.

13 Ann sin a deir Pilat ris, Nach cluinn thu cia lion nithe 'ta iad

* goirt.

† fear deanamh shoithiche creadha.

iad a' fianaiſeachadh a' d' agh-aidh?

14 Agus cha d'thug ſè freagradh air aon fhocal da, ionnas gur ghabh an t uachdaran iongantas ro-mhòr.

15 'Nois' re àm na féiſte chleachd an t uachdaran a chur fa ſgaoil do'n phobull aon phrìoſanach a b'àill leo.

16 Agus bha aca ſan àm ſin prìoſanach ro-chomhar'uichte, d'am b' ainm Barabbas.

17 Air an à'bhar ſin air dhoibhſe bhi cruinn ann ceann a chéile, a dubhairt Pilat riu, Co a's àill libh miſe a chur fa ſgaoil duibh? Barabbas, no Ioſa, d'an goirthear Crioſd?

18 Oir bha fhios aige gur b' ann o fharmad a thug iad thairis è.

19 Agus air ſuidhe dha-ſan ann caithir a' bhreitheamhnais, chuir a bhean *teachdaireachd* d'a ionnſuidh, ag radh, Na biodh agad-ſa * buintin ſam bith ris an † fhirean ſin: oir is mòr a dh'fhulaing miſe an diu ann àm bruadar, air a ſhon-ſa.

20 Ach chuir na h àrd-ſhagairt agus na ſinnſir impidh air a' phobull gu'n iarradh iad Barabbas, agus gu milleadh iad Ioſa.

21 Agus air freagairt do'n uachdaran a dubhairt ſè riu, Co do'n dias a's àill libh miſe a chur fa ſgaoil duibh? A dubhairt iadſan, Barabbas.

22 A dubhairt Pilat riu, Ciod ma ſeadh a ni mi re h Ioſa, d'an goirthear Crioſd? A dubhairt ſiad ris uile, Ceusthar è.

23 Agus a dubhairt an t uachdaran, C'ar ſon, ciod an t olc a rinn è? Ach is mò gu mòr a ghlaodh iadſan, ag radh, Ceusthar è.

24 Agus air faicſin do Phìlat nach do bhuadhuich ſè bheag ſam bith, ach gu 'n d'eirich an tuilleadh buaireis, air dha uiſg' a ghabhail, dh'ionnlaid ſè a làmhan am fia'nais an t ſluaigh, ag radh, Ata miſe neo-chiontach a dh'fhuil an fhìrein ſin: faicibhſe *ſin*.

25 Agus air freagairt do'n phobull uile, a dubhairt ſiad, Biodh fhuil oirnne, agus air ar cloinn.

26 Ann ſin leig è fa ſgaoil Barabbas dhoibh: ach air dha Ioſa a ſgiurſadh, thug ſè thairis è chum a cheuſaidh.

27 Ann ſin thug ſaighd-fheara an uachdarain leo Ioſa do 'n talla chumannta, agus chruinnich ſiad m'a thimchioll a' chuideachd *ſhaighd-fheara* uile.

28 Agus air dhoibh § a rùſga', chuir ſiad uime falluing ſcarloid.

29 Agus air dhoibh ‖ coroin droighinn fhigheadh, chuir ſiad m'a cheann è, agus ſlat chuilce 'n a làimh dheis: agus ag lùbadh an glùin 'n a làthair, rinn iad fanoid air, ag radh, Gu 'm beannuichear thu, a Righ nan Iudhach.

30 Agus air dhoibh gabhail do fhilibh air, ghlac iad an t ſlat chuilc', agus bhuail iad ſa cheann è.

31 Agus taireis dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad an fhalluing deth, agus chuir iad eadach fein uime, agus thug ſiad leo è chum a cheuſaidh.

32 Agus air dol amach dhoibh, fhuair iad duine o Chirene, d'am b'ainm Simon: eiſean dh'éignich iad chum a chrann-ceuſaidhſin a ghiulan.

33 Agus 'n uair a thainig iad gu ionad d'an ainm Golgotha, ſin r'a radh, àite cloiginn,

34 Thug ſiad dha r'a òl fiongeur coi'-meaſgta le domblas: agus air dha a bhlaſadh, cha'n òladh ſè è.

35 Agus 'n uair a cheus ſiad è, roinn iad a thruſcan eatorra, a' tilgeadh croinn *orra*: chum gu 'n coi'-lionfadh a' ni a dubhradh leis an fhàidh, Roinn ſiad m' eadach eatorra, agus chuir ſiad croinn air mo bhrat.

36 Agus air ſuidhe dhoibh, rinn iad faire air ann ſin:

37 Agus chuir iad a chùiſ-dhìte' ſgriobht'

* gnothuch. † ionracan. § eadach a thoirt deth. ‖ crùn.

sgriobht' os a chionn, IS E SO IOSA RIGH NAN IUDHACH.

38 Ann sin cheusadh maille ris dà ghaduich': fear air a dheis, agus fear eile air a làimh chli.

39 Agus thug iadsan a bha dol seachad toibheum dha, a' crathadh an cinn,

40 Agus ag radh, Thusa a leagas an teampull, agus a chuireas suas ann tri laithibh è, fòir ort fein: ma 's tu Mac Dhe, thig a nuas o 'n chrann-cheusaidh.

41 Mar an ceudna a dubhairt na h àrd-shagairt, maille ris na Sgriobhuichibh, agus na seanoiribh, a' fanoid air,

42 Shaor è daoin' eile, è fein a shaoradh ni 'n comasach è: ma 's è Righ Israeil, thigeadh è 'nois' a nuas o'n chrann-cheusaidh, agus creididh sinn è.

43 Chuir sè dhòigh ann Dia; saoradh è anois' è, ma 'ta toil aige dha: oir a dubhairt se, Is mise Mac Dhe.

44 Agus thug na gaduichean, a cheusadh maille ris, am beum ceudna dha.

45 'Nois' o 'n t seathadh uair bha dorchadas air an talamh uile gus a' naothadh uair.

46 Agus mu thimchioll na naothadh uair' dh'éigh Iosa le guth àrd', ag radh, Eli, eli, lama sabachthani? 's è sin r'a radh, Mo Dhia, mo Dhia, creud far thréig thu mi?

47 Agus air cluinntin sin do chuid diubhs' a bha 'n an seasamh ann sin, a dubhairt siad, Ata 'm fear so glaodhuich air Elias.

48 Agus air ball ruidh a h aon diubh, agus ghabh è spuing, agus lion è do'n fhion-gheur i, agus air dha a cur air slait chuilce, thug sè dha-san r'a òl.

49 Ach a dubhairt càch, Leig dha, faiceamaid an d'thig Elias d'a thearnadh.

50 Agus air éigheach a-rìs do Iosa le glaodh mòr, thug è suas a spiorad.

51 Agus feuch, reubadh bratroinn an teampuill 'n a dhà chuid, o bhràighe gu iochdar; agus chriothnuich an talamh, agus sgoilteadh na creagan,

52 Agus dh'fhosgladh na h uaighean, agus dh'eirich mòran do chorpaibh nan naomh, a bha 'n an codal,

53 Agus chuaidh iad amach as na h uaighibh taireis eiseirigh-sin, agus chuaidh iad a steach do'n bhaile naomha, agus nochdadh iad do mhòran.

54 'Nois' an uair a chunnairc an Caiptin, agus iadsan a bha maille ris a' * coimhead Iosa, a' chriththalmhain, agus na nithe eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag radh, Gu fìrinneach b'è so Mac Dhe.

55 Agus bha ann sin mòran bhan (ag amharc am fad,) a lean Iosa o'n Ghalilee, a' frithealadh dha:

56 'Measg an raibh Muire Magdalene, agus Muire màthair Sheumais agus Ioses, agus màthair cloinne Shebedee.

57 Agus air teachd do'n fheascar, thainig duine saibhir o Arimathea, d' am b' ainm Ioseph, neach a bha è fein 'n a dheiscìobul aig Iosa mar an ceudna:

58 Air dol dha-san gu Pilat, dh'iarr è corp Iosa: ann sin dh'òrduich Pilat an corp a thabhairt *da*.

59 Agus air glacadh a' chuirp do Ioseph, phaisg sè ann an lioneadach fior-ghlan è,

60 Agus chuir sè è 'n a uaigh nuadh fein, a chladhaich sè ann an carruig: Agus air caruchadh cloich' mhòir dha gu dorus na h uaighe, dh'fhalbh sè.

61 Agus bha Muire Magdalene, agus a' Mhuire eile, 'n an suidhe fa chomhair na h uaighe.

62 'Nois' air an là màrach, noch is è 'n là 'n diaigh an ull'achaidh, cruinnicheadh na h àrd-shagairt agus na Phairisich gu Pilat,

63 Ag radh, A thighearn', is cuimhne

* gleidheadh.

cuimhne leinn an t ann a bha am mealltoir ud fòs beo, gu 'n dubhairt fè, Eir'idh mi 'n diaigh thri làith'.

64 Orduich uime sin an uaigh bhi air a coimhead gu cinnteach gus an treas là, air eagal gu'n d'thig a dheisciobuil san oidhche, agus gu 'n goid iad leo è, agus gu 'n abair iad ris a' phobull, Gu 'n d'eirich è o na marbhaibh: agus mar sin bithidh am mearachd deireannach ni 's miosa na 'n ceud *mhearachd*.

65 A dubhairt Pilat riu, 'Ta faire agaibh, im'ichibh, *agus* deanaibh *an uaigh* coi-tearuinte 's is aithne dhuibh.

66 Agus air im'eachd dhoibhsin rinn iad an uaigh cinnteach, ag cur seula' air a' chloich, maille re faire.

CAIB. XXVIII.

1 'Ta eis-eirigh Chriosd air a cur ann céill do na mnaibh: 9 nochd Criosd è fein doibh; 11 thug na h àrd-shagairtean airgiod do na saighdfhearaibh chum gu'n abradh siad gu'n do ghoideadh as uaigh è. 16 Nochd Criosd è fein d'a dheisciobluibh, 19 Agus chuir sè iad amach a bhaisteadh agus a theagasg nan uile chinneach.

ANN an deireadh na Sàbaid', aig briseadh na fàire air a' cheud *là* do'n t seachduin, thainig Muire Magdalene, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicsin na h uaighe.

2 Agus feuch, bha crith-thalmhain mhòr ann; oir thainig Aingeal an Tighearn' anuas o neamh, agus air teachd dha charuich sè a' chloch o'n dorus, agus shuidh sè uirre.

3 Agus bha a ghnùis mar dhealanach, agus eadach geal mar shneachda.

4 Agus air eagal-san chriothnuich an * luchd coimhead, agus chuaidh iad ann riochd mhairbh.

5 Agus air freagairt do'n Aingeal a dubhairt sè ris na mnaibh, Na biodh eagal oirbhs': oir ata fhios agam gu bhuil sibh ag iarruidh Iosa, a chuaidh cheusadh.

6 Ni 'm bhuil è 'n so; oir dh'eirich sè, mar a dubhairt è: thigibh, faicibh an t àit' an raibh an Thighearna 'n a luidhe.

7 Agus im'ichibh gu luath agus innsibh d'a dheisciobluibh gu 'n d' eirich sè o na marbhaibh; agus feuch, ata sè dol romhaibh do'n Ghalilee, ann sin chi sibh è, feuch, a dubhairt mi ribh è.

8 Agus air dhoibh im'eachd gu luath o'n uaigh, le h eagal agus mòr-ghàirdeachas, ruidh iad a dh'innseadh *sud* d'a dheisciobluibh.

9 Agus ag im'eachd dhoibhsin a dh'innseadh d'a dheisciobluibh, feuch, thachair Iosa fein orra, ag radh, Failte dhuibh. Agus air teachd dhoibhsin † ann gar dha, rug siad air a chosaibh, agus dh'onoruich iad è.

10 Ann sin a dubhairt Iosa riu, Na biodh eagal oirbh: im'ichibh, abraibh re m' bhràithribh iadsan a dhol do'n Ghalilee, agus ann sin chi siad mise.

11 Agus an t ann a bha iadsan ag im'eachd, feuch, thainig cuid do'n luchd faire do'n bhaile, agus nochd iad do na h ard-shagartaibh gach uile ni a thachair.

12 Agus air cruinneachadh dhoibhsin ann ceann a chéile maille ris na seanoirribh, agus air gabhail comhairle dhoibh, thug iad mòran airgid do na saighdfhearaibh,

13 Ag radh, Abraibhse, gu'n d' thainig a dheisciobuil ann san oidhche, agus gu'n do ghoid iad è, 'm feadh a bha sinne 'n ar codal.

14 Agus ma chluinneas an tuachdaran so, cuiridh sinne impidh air-sin, agus ni sinn sibhse tearuinte.

15 Agus air gabhail an airgid dhoibhsin, rinn iad mar a theagaisgeadh dhoibh: agus ata an seanchas so air aithris a' measg nan Iudhach gus an diu.

16 Ann sin chuaidh an t aon-deisciobul-deug do 'n Ghalilee, gu sliabh far an d'òrduich Iosa dhoibh.

17 Agus

* luchd faire.

† am fogus.

17 Agus air dhoibh fhaicsin, * dh'onoraich iad è: ach bha cuid aca fa amharus.

18 Agus air teachd do Iosa, labhair sè riu, ag radh, Thugadh dhamhsa gach uile chumhachd air neamh agus air talamh.

19 Uime sin im'ichibh-se, agus † teagaisgibh gach uile chinneach, 'g am baisteadh ann ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh:

20 A' teagasg dhoibh gach uile nithe a dh'àithin mise dhuibh a choimhead: Agus sèuch, ata mise maille ribh a ghnà', gu deireadh an t saoghail. Amen.

An Soisgeul do reir MHARCUIS.

CAIB. I.

1 ‡ *Dreachd Eoin Bhaisde.* 9 *Ata Iosa air a bhaisteadh:* 14 *Ata è searmonachadh;* 16 *A' gairm Pheadair, Aindreais, Sheumais agus Eoin:* 23 *A' leigheas a h aon ann san raibh diabhol;* 29 *A' leigheas fòs màthar-chéile Pheadair;* 32 *mòran do mhuintir a bha ea-slan:* 41 *Agus a' glanadh neach air an raibh 'n loibhre.*

TOiseach Soisgeil Iosa Crioso Mhic Dhe,

2 A reir mar ata è sgriobht' ann sna saidhibh, Sèuch, cuiream mo theachdair' roimh do ghnùis, neach a dh'ull'uicheas do shlighe romhad.

3 Guth an ti a dh'éigheas ann san fhàsach, Ull'uichibh sligh' an Tighearna, deanaibh a chos-cheuma dìreach.

4 Bha Eoin a' baisteadh ann san fhàsach, agus a' searmonachadh baisdidh an aithreachais, chum maitheamhnais peacaidh.

5 Agus chuaidh amach d'a ionnsuidh *tìr* Iudea uile, agus luchd àiteachadh Ierusalem, agus bhaisteadh leis iad uile ann an amhainn Iordain, agus iad ag aid'eachadh am peacaidh.

6 Agus bha Eoin air eadachadh le fionna chàmhal, agus bha crios leathair m'a leasruidh: agus 's iad locuist agus mil fhiaghuin bu bhiadh dha.

7 Agus shearmonaich sè, ag radh, Ata neach a' teachd a'm' dhiaigh's' a's cumhaichdaich na mise, neach nach fiu mise cromadh sios agus iall a bhròg fhuasgladh.

8 Bhaist mise gu'n amharus sibh le h uisge: ach baistidh eisean sibh leis an Spiorad Naomha.

9 Agus tharladh ann sna laithibh-sin, gu'n d'thainig Iosa o Nasareth na Galilee, agus bhaisteadh è le h Eoin ann an Iordan.

10 Agus air dol suas da as an uisge air ball, chunnairc sè na neamha air am fosgladh, agus an Spiorad mar choluman a' teachd anuas air-sin.

11 Agus thainig guth o neamh, *ag radh,* Is tusa mo Mhac gràdhach, am bhuil mo làn toil.

12 Agus air ball dh'iomain an Spiorad è do 'n fhàsach.

13 Agus bha è 'n sin san fhàsach dà fhichead laethe air a bhuaireadh le Satan, agus bha è maille ris na fiadh bheathaichibh, agus bha na h aingil a' frithealadh dha.

14 Agus taireis Eoin a chur am prìosun, thainig Iosa do'n Ghalilee, a' searmonachadh soisgeil rioghachd Dhe,

15 Agus

* rinn siad àdhradh dha. † deanuibh deisciobuil do. ‡ Oisig.

15 Agus ag radh, Choi'-lionadh an aimsir, agus ata rioghachd Dhe am fogus; deanaibhse aithreachas, agus creidibh an soisgeul.

16 Agus air dha bhi 'g im'eachd re taoibh fairge na Galilee, chunnairc è Simon, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh *an* lìn san fhairge: (oir b' iasgaire iad.)

17 Agus a dubhairt Iosa riu, Thigibh a'm'dhiaighse, agus ni mi 'n ar iasgairibh air daoinibh sibh.

18 Agus air ball dh'fhàg siad an lionta, agus lean iad eisean.

19 Agus air dol beagan air aghaidh dha as sin, chunnairc è Seumas *mac* Shebedee, agus Eoin a bhràthair, agus iad san luing a' càramh an lionta.

20 Agus air ball ghoir se iad, agus air fàgail Shebedee an athar dhoibh san luing maille ris an luchd tuarasdail, lean iad eisean.

21 Agus chuaidh iad a steach do Chapernaum, agus air ball air dha dol a steach do 'n t sionagog air an t sàbaid, theagaisg se.

22 Agus bhuaileadh le iongnadh iad r'a theagasg: oir bha è 'gan teagasg mar neach aig an raibh ùghdarras, agus ni b' ann mar na sgriobhuichidh.

23 Agus bha 'n an sionagog-san neach ann s an raibh spiorad neoghlan, agus ghlaodh è,

24 Ag radh, Leig leinn, ciod ar gnothuch-ne riut, Iosa o Nasareth? an d'thainig thu g' ar sgrios-ne? 'S aithne dhamh co thu, aon naomha Dhe.

25 Agus chronuich Iosa è, ag radh, Bi d'thosd, agus tàr amach as.

26 Agus 'n uair a reub an spiorad neo-ghlan è, agus a ghlaodh se le guth àrd, thainig se 'mach as.

27 Agus ghabh iad mòr-iongantas uile, ionnas gu 'n raibh iad cur na ceiste *so* eatorra fein, ag radh, Ciod è so? Creud è an teagasg nuadh so? Oir le h ùghdarras ata è toirt òrduigh eadhon do na spioradaibh neo-ghlana, agus ata siad umhal dha.

28 Agus chuaidh iomradh-san air ball amach feadh na tìre uile timchioll na Galilee.

29 Agus gun dàil, air dhoibh dol amach as an t sionagog, chuaidh iad a steach do thigh Shimoin agus Aindreais, maille re Seumas agus Eoin.

30 Ach bha màthair-chéile Shimoin 'n a luidhe ann am fiabhrus; agus ghrad-labhair iad ris uimpe.

31 Agus thainig eisean agus thog se i, a' breith air làimh uirre; agus air ball dh'fhàg * am fiabhrus i, agus rinn si frithealadh dhoibhsin.

32 Agus 'n uair a bha 'n t anmoch *anois'* ann, air do'n ghréin dol fuidhe, thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile bha ea-slan, agus iadsan ann s an raibh deamhain.

33 Agus bha 'm baile uil' air a chruinneachadh chum an doruis.

34 Agus leighis se moràn air an raibh iomadh gnè eacaile, agus thilg se 'mach mòran dheamhan, agus cha d'fhulaing se do na deamhnaibh labhairt, air son gu 'm b' aithne dhoibh è.

35 Agus air dha eirigh sa mhaidin, fada roimh là, chuaidh se 'mach, agus dh'imich è gu àite fàs'ail, agus rinn se ùrnuigh ann sin.

36 Agus lean Simon, agus an dream a bha maille ris è.

37 Agus air fhaghail dhoibh, a dubhairt siad ris, Ata gach uile neach ga d' iarraidh.

38 Agus a deir se riu, Rachamaid dh'ionnsuidh nam bailte eile làimhruinn, chum 's gu'n searmonaich mi ann sin mar an ceudna: oir is ann chum na crìche so thainig mise 'mach.

39 Agus shearmonaich è 'n an sionagogaibh air feadh na Galilee uile, agus thilg se 'mach na deamhain.

40 Agus thainig lobhar d'a ionnsuidh,

* an teasac

ſuidh, a' guidheadh air, agus a' lùbadh a ghlùn da, agus ag radh ris, Ma's àill leat, 'ta thu comaſach air miſe a dheanamh glan.

41 Agus ghabh Ioſa truas mòr deth, agus air sìneadh amach a làimhe, bhean è ris, agus a dubhairt ſè ris, Is àill leam, bioſa glan.

42 Agus co luath 's a labhair è, air ball dh'fhalbh an loibhre uaithe, agus rinneadh glan è.

43 Agus air toirt geur-òrduigh dha, air ball chuir ſè air falbh è;

44 Agus a deir ſè ris, Fèuch nach innis thu bheag do neach air bith: ach im'ich, nochd thu fein do'n t ſagart, agus tabhair mar iobairt air ſon do ghlanaidh na nithe a dh'àithin Maois, mar fhia'nais dhoibh.

45 Agus air dol amach dhaſan, thòſaich è air innſeadh gu rofhollaſach, agus air a' chùis a ſgaoileadh m' an cuairt, air chor's nach feudadh Ioſa dol tuilleadh os àird a ſteach do'n bhaile, ach bha è 'mach ann an àitibh uaigneach: agus thainig iad d'a ionnſuidh o gach uile àird.

CAIB. II.

1 *Leighis Crioſd am pairilis:* 14 *'Ta è gairm Mhatha o àite tog'ail na cìſe,* 16 *ag ithe' maille re Puiblıocanaibh agus re peacachaibh:* 18 *a' gabhail leith-ſgeil a' dheiſciobul air ſon nach raibh iad re troſga',* 23 *Agus air ſon gu'n raibh iad a' ſpionadh nan diaſan arbhair air là na ſàbaid'.*

AGUS ann diaigh *beagan* do laithibh, chuaidh ſè a-rìs a ſteach do Chapernaum; agus chualas eiſean a bhi ſan tigh.

2 Agus air ball chruinnicheadh mòran ann ceann a chéile, air chor 's nach raibh àit' a chumadh *iad*, eadhon timchioll an doruis: agus labhair è am focal riu.

3 Agus thainig iad, a' tabhairt d'a ionnſuidh neach air an raibh am pairilis, air a ghiulan le ceathrar.

4 Agus a chionn nach b' urradh iad teachd ann gar dha leis an t ſluagh, rùiſg iad mullach an tighe, ann s an raibh è: agus air a tholladh dhoibh, leig iad ſios an leabaidh air an raibh a' neach a bha tinn leis a' phairilis 'n a luidhe.

5 Air do Ioſa an creidimh-ſin fhaicſin, a dubhairt ſè ris an neach air an raibh am pairilis, A mhic, ata do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

6 Ach bha droing àraidh do na ſgriobhuichibh 'n an ſuidhe ann ſin, agus iad a' reaſunachadh 'n an croidhibh fein,

7 C'ar ſon ata am fear ſo a' labhairt blaiſpheime mar ſo? Co dh'fheudas peacaidh a mhaitheadh ach Dia amhàin?

8 Agus air ball, air aithneachadh do Ioſa ann a ſpiorad fein, gu'n raibh iads' a' reaſunachadh mar ſin ionnta fein, a dubhairt ſè riu, C'ar ſon ata ſibh a' reaſunachadh nan nithe ſin ann bhur croidhibh?

9 Co aca is uſadh a radh ris an neach air am bheil am pairilis, Ata do pheacaidh air am maitheadh dhuit: no a radh, Eirich, agus tog do leabaidh agus im'ich?

10 Ach a chum's gu 'm bi fios agaibhſe gu bheil ùghdarras aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air talamh, (a deir ſe ris an fhear air an raibh am pairilis)

11 Deirim riut, Eirich, agus tog do leabaidh, agus im'ich do d' thigh.

12 Agus dh'eirich eiſean air ball, agus thog ſè a leabaidh, agus chuaidh è 'mach 'n am fia'nais uile, ionnas gu'n raibh an-iongantas orr' uile, agus gu'n do ghlòruich ſiad Dia, ag radh, Cha 'n fhacadh ſinne riamh a leithid ſo.

13 Agus chuaidh è 'mach a-rìs re taoibh na fairge, agus thainig an ſluagh uile d'a ionnſuidh, agus theagaiſg ſè iad.

14 Agus ag dol ſeachad da, chunnaic ſè Lebhi *mac* Alpheus 'n a ſhuidhe

fhuidhe aig àite tog'ail na cìse, a- B.
gus a deir sè ris, Lean mise. Agus
air dha-san cirigh, lean sè è.

15 Agus tharladh, air suidhe do
Iosa chum bìdh 'n a thighse, gu'n do
fhuidh mòran Phuibliocanach agus
pheacach maraon re Iosa, agus r'a
dheisciobluibh: oir bha mòran ann,
agus lean iad è.

16 Agus 'n uair a chunnaic na
Sgriobhuichean agus na Phairisich
eisean ag itheadh maraon re Pui-
bliocanaibh agus re peacachaibh, a
dubhairt iad r'a dheisciobluibh, C'ar
son ata è ag itheadh agus ag òl
maille re Puibliocanaibh agus re
peacachaibh?

17 Agus 'n uair a chual' Iosa
so, a dubhairt sè riu, Ni 'm bheil
feum aca-san ata slàn air an léigh,
ach aca-san ata tinn: cha d' thainig
mise a ghairm nam firean, ach nam
peacach chum aithreachais.

18 Agus bu ghnàth le deisciob-
luibh Eoin, agus nam Phairiseach a
bhi trosg; agus thainig iad, agus
a dubhairt siad ris, C'ar son ata
deisciobuil Eoin, agus nam Phairi-
seach re trosgadh, ach ni 'm bheil
do dheisciobuils' a' deanamh tro-
sgaidh?

19 Agus a dubhairt Iosa riu,
Am bheil clann seomair an fhir-
nuadh-phòsda comasach air trosg'
a dheanamh, 'm feadh a bhitheas
am fear-nuadh-pòsda * 'n am fo-
chair? am feadh ata am fear-
nuadh-pòsd' aca maille riu, ni
h eudar leo trosg' a dheanamh:

20 Ach thig na làithe ann s an
tiubhrar am fear nuadh-pòsda ua-
tha; ann sin ni iad trosga' sna lai-
thibh sin.

21 Agus cha 'n 'eil duine sam
bith a dh'fhuaigheas mìor do eadach
nuadh air sean eadach: no, *ma*
dh'fhuaigheas, buinidh am mìor
nuadh, a chuireadh d'a lionadh
suas, as an t sean eadach, agus ni-
thear an reuba ni's miosa.

22 Agus cha chuir duine air
bith fion ùr ann sean † bhuidea-
laibh; no brisidh am fion nuadh
na buideil, agus dòirtear am fion,
agus caillear na buideil: ach is
coir fion nuadh a chur ann am
buidealaibh nuadha.

23 Agus tharladh, gu'n deach'
sè trid na ‡ gortaibh arbhair air là
na sabaid', agus thòsaich a dhei-
sciobuil, ag im'eachd dhoibh, ris
na diasaidh arbhair a spionadh.

24 Agus a dubhairt na Phairi-
sich ris, Fènch, c'ar son ata iad
a' deanamh an ni nach 'eil cea-
duicht' air là na sabaid'?

25 Agus a dubhairt eisean riu;
Nach do leugh sibhse riamh ciod
a rinn Daibhidh, 'n uair a bha
uireasbhuidh air, agus è air ocras
è fein agus iadsan a bha maille
ris?

26 Cionnas a chuaidh sè steach
do thigh Dhe ann an laithibh A-
biathar an àrd-shagairt, agus a
dh'ith sè § arain na fiadhnuis, nach
'eil ceaduichte do neach air bith
itheadh, ach do na sagartaibh, a-
gus a thug sè mar an ceudna do'n
dream a bha maille ris?

27 Agus a dubhairt sè riu,
Dh'òrduicheadh an t sabaid air son
an duine, ni h è an duine air son
na sabaid':

28 Air an à'bhar sin is Tigh-
earna Mac an duine air an t sabaid
fein.

C A I B. III.

1 *'Tà Criosd a' leigheas an duin'*
aig an raibh an làmh sheargta, a-
gus mòran a dh'ea cailibh eile:
11 *ag cronuchadh nan spiorada*
neo-ghlana, 13 *agus a' taghdh*
a dhà-abstol-deug: 22 *a' dear-*
bhadh aingidheachd, agus mi-rea-
suin na blaispheime, iad a radh
gu'n raibh eisean a' tilgeadh dhea-
mhan amach le Beelsebub; 33 *a-*
gus a' nochdadh co iad a bhrà-

H † *thair,*

* maille riu. † lean bhuidealuibh. ‡ h achaibh. § an t arain taisbeanta.

thair, a phiuthar, agus a mhàthair.

AGUS chuaidh è 'ris a ſleach do'n t ſionagog, agus bha ann ſin duin' aig an raibh làmh ſheargta.

2 Agus rinn iad faire air, *a dh'fhéuchain* an leighiſeadh ſè è air là na ſàbaid', chum's gu'n cuireadh iad cùis air.

3 Agus a deir ſè ris an duin' aig an raibh an làmh air ſeargadh, Eirich, *agus ſeas amach* ſa mheadhon.

4 Agus a deir ſè riu, Am bheil è ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na ſàbaid', no olc? A-nam a thearnadh, no a ſgrios'? ach dh'fhan iadſa' 'n an toſd.

5 Agus 'n uair a dh'amhairc ſè m' an cuairt orra le feirg, air dha bhi doilich air ſon cruais an croidhe, a deir ſè ris an duine, Sìn amach do làmh. Agus ſhìn è 'mach i: agus rinneadh ſlàn i mar an *làmh* eile.

6 Agus air dol do na Phairiſichibh amach, ghabh iad comhairle air ball maille re luchd leanmhuin Ioraith 'n a aghaidhſin, cionnas a dh'fheudadh iad a * ſgrios'.

7 Ach chuaidh Ioſa maille r'a dheiſciobluibh a leth chum na fairge: agus lean ſluagh mòr è o'n Ghalilee, agus o *thìr* Iudea,

8 Agus o Ieruſalem, agus o Idumea, agus o thaobh thall Iordain, agus iadſan a bha timchioll Thiruis agus Shidoin, thainig cuideachd mhòr dhiubh d'a ionnſuidh, 'n uair a chual' iad cia mòr na nithe a rinn è.

9 Agus a dubhairt ſè r'a dheiſciobluibh, long bheag a bhi ſeitheamh air, air ſon an t ſluaigh, chum nach domhluicheadh iad è.

10 Oir leighis è mòran, ionnas gu 'n do dhlù'-theann iad ris, a mhèud 's air an raibh plàighean, chum's gu 'm beanadh iad ris.

* mhilleadh.

11 Agus na ſpiorada neo-ghlan', an uair a chunnairc iad è, ſhleuchd iad da, agus ghlaodh iad, ag radh, Is tuſa Mac Dhe.

12 Agus thug ſè ſparradh teann dhoibh, chum's nach deanadh iad aithnicht' è.

13 Agus chuaidh è ſuas gu ſliabh, agus ghairm è iadſan a b'àill leis: agus thainig iad d'a ionnſuidh.

14 Agus dh'òrduich è dà-fhear-dheug, chum 's gu 'm biodh iad maille ris, agus gu 'n cuireadh è 'mach iad a ſhearmonachadh:

15 Agus gu 'm biodh aca cumhachd a leigheas eaſlaintidh, agus a thilgeadh amach dheamhan.

16 Agus air Simon thug è Peadar mar cho'-ainm:

17 Agus Seumas *mac* Shebedee, agus Eoin bràthair Sheumais, (agus orra-ſan thug è Boanerges mar cho'-ainmeana, 's è ſin re radh, Clann na tairneanaich)

18 Agus Aindreas, agus Philip, agus Bartolomeus, agus Matha, agus Tomas, agus Seumas *mac* Alpheus, agus Taddeus, agus Simon an Cananiteach,

19 Agus Iudas Iſcariot, an neach fòs a bhraith eiſean: Agus chuaidh iad do'n tigh.

20 Agus chruinnicheadh an ſluagh a-ris, ionnas nach raibh è 'n comas doibh uiread agus aran itheadh.

21 Agus air chuinntin *ſo* d'a chàirdibh, thainig iad amach a bhreith air: oir a dubhairt iad, Ata ſè air mhi-chéill.

22 Agus a dubhairt na Sgriobhuichean a thainig anuas o Ieruſalem, Ata Beelſebub aige, agus is ann tre phrionnſadh nan deamhan ata ſè tilgeadh amach dheamhan.

23 Agus air dha 'n gairm d'a ionnſuidh, a dubhairt ſè riu ann an † coſamhlachdaibh, Cionnas a dh'fheudas

† parablaibh.

dh'fheudas Satan Satan a thilgeadh amach?

24 Agus ma bhitheas rioghachd roinnte 'n a h aghaidh fein, cha'n urradh an rioghachd fin feasamh.

25 Agus ma bhitheas tigh air a roinn 'n a aghaidh fein, cha'n fheud an tigh fin feasamh.

26 Agus ma dh' eir'eas Satan 'n a aghaidh fein, agus gu 'm bi fè roinnte, ni h eudar leis feasamh, ach 'ta crioch aige.

27 Cha'n urradh neach air bith dol a steach do thigh duine làidir, agus airneis a tho'gail leis, mur ceangail fè 'n duine làidir ann toiseach; agus ann fin creachaidh fè a thigh.

28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu maithear na h uile pheacaidh do chloinn nan daoine, agus gach blaisphem' a labhras iad:

29 Ach ge b'è labhras blàisphem' ann aghaidh 'n Spioraid naoimh, cha'n fhuigh fè maitheanas a choidhch', ach ata fè ceangailte thairis chum * breitheamhnais shiorruidh.

30 Air son gu 'n dubhairt siad, Tha spiorad neo-ghlan aige.

31 Ann fin thainig a bhràithre agus a mhàthair, agus air dhoibh seasamh amuigh, chuir iad fios d'a ionnsuidh, a' gairm air.

32 Agus bha 'n sluagh 'n an suidhe m'a thimchioll, agus a dubhairt siad ris, Feuch, ata do mhàthair agus do bhràithre amuigh ga d' iarraidh.

33 Agus fhreagair fè iad, ag radh, Co i mo mhàthair, no mo bhràithre?

34 Agus sheall fè m' an cuairt orra-san a bha 'n an suidhe m'a thimchioll, agus a dubhairt fè, Feuch mo mhàthair agus mo bhràithre.

35 Oir ge b'è neach a ni toil De, is è fin fein mo bhràthair, agus mo phiuthar, agus mo mhàthair.

* damnaidh,

CAIB. IV.

1 *Parabal an t sioladoir, agus a bhri'.* 21 *'S còir dhuinn solus ar n eòlais a phàirteachadh re muintir eile.* 26 *Parabal an t sìlata fàs ann uaign'eas,* 30 *agus a' ghràinne mhustaird.* 39 *Ata Criosd a' cosgadh sgeirm air a' chuan.*

AGUS thòsaich è air teagasg a-ris làimh ris an fhairge, agus chruinnicheadh sluagh mor d'a ionnsuidh, ionnas gu'n deachaidh fè steach do luing, agus shuidh fè sa chuan; agus bha 'n sluagh uile re taoibh na fairge air tìr.

2 Agus theagaisg è dhoibh mòran do nithibh ann an cosamhlachdaibh, agus a dubhairt fè riu ann a theagasg,

3 Eisdibh, Feuch, chuaidh sioladair amach a chur *sìl:*

4 Agus tharladh ag cur an t sìl da, gu'n do thuit cuid deth re taoibh an ròid, agus thainig èunlaith an aidheir, agus dh'ith iad suas è.

5 Agus thuit cuid eile dheth air fearann clochach, far nach raibh mòr-thalamh aige, agus air ball dh'fhàs è suas, do bhri' nach raibh doimhne talmhain aige.

6 Ach air do'n ghréin eirigh, loisgeadh è; agus a chionn nach raibh freamh aige, shearg fè as.

7 Agus thuit cuid eile 'measg droighinn, agus dh'fhàs àn droighionn suas, agus thachd fè è, agus cha d'thug è toradh uaithe.

8 Agus thuit cuid eile air talamh maith, agus thug è toradh uaithe, a' fàs suas agus a' mèudachadh; agus thug è 'mach, cuid a dheich uiread fhichead, agus cuid a thri fichead uiread, agus cuid a cheud uiread *'s a chuireadh.*

9 Agus a dubhairt fè riu, An ti aig

aig am bheil cluaſa chum eiſdeachd, eiſdeadh è.

10 Agus 'n uair a bha è 'n a aonar, dh'fhioſraich iadſan, a bha 'n a fhochair maille ris an dà-fhear-dheug, am parabal deth.

11 Agus a dubhairt ſè riu, Dhuibhſe thugadh eòlas a ghabhail air nithibh diomhair rioghachd Dhe: ach dhoibhſin ata 'n leth 'muigh nithear gach ni am parablaibh:

12 Chum 's ag faicſin doibh gu'm faic iad, agus nach aithnich ſiad, agus ag dhoibh cluinntin gu 'n cluinn ſiad, agus nach tuig iad; 'n t eagal àm air bith gu'm pilleadh iad, agus gu'm biodh *am* peacaidh air am maitheadh dhoibh.

13 Agus a deir ſè riu, Nach aithne dhuibh an coſa'lachd ſo? agus cionnas ma 'ta a thuigeas ſibh gach uile choſa'lachd?

14 'Ta 'n ſioladoir ag cur an fhocail.

15 Agus 's iad ſo iadſan re taoibh an ròid, ann san cuirthear am focal, agus tàircis doibh a chluinntin, air ball ata Satan a' teachd, agus a' tog'ail leis an fhocail, a ſhiol-chuireadh 'n an croidhibh.

16 Agus 's iad ſo iadſan mar an ceudna a chuireadh air ſearann clochach; muintir, 'n uair a chluinneas iad am focal, a ghabhas è air ball le gàirdeachas:

17 Agus ni 'm bheil aca freamh iomta ſein, ach mair'idh iad rè ſealain: 'n a dhìaigh ſin, 'n uair a dh'eir'eas triobloid no geur-leanmhuin air ſon an fhocail, air ball ata ſiad a' ſaghail oilbheim.

18 Agus 's iad ſo iadſan a chuireadh a' meaſg an droighinn, an dream a dh'eiſdeas ris an fhocal;

19 Agus ata ro-chùram an t ſaoghail ſo, agus mealltoireachd ſaibhreis, agus an-mhianna nithe eile teachd a ſteach, agus a' tachdadh an fhocail, agus nithear neo-thorrach è.

20 Agus 's iad ſo iadſan a chuireadh ann an talamh maith, an dream a chluinneas am focal, agus a ghabhas *ris*, agus a bheir amach toradh, cuid a dheich uiread ſhichead, cuid a thri fichead uiread, agus cuid a cheud uiread *'s a chuireàdh.*

21 Agus a dubhairt è riu, An ann a bheirear coinneal chum gu'n cuirthear i fui' bheul ſoithich, no fui' leabaidh? nach ann a chum a cur ann coinnleir?

22 Oir ni 'm bheil ni air bith foluichr, nach foillſichear: agus ni 'n raibh ni air bith ann cleith, nach d' thig os àird.

23 Ma 'ta cluaſa chum eiſdeachd aig neach air bith, eiſdeadh è.

24 Agus a dubhairt è riu, Thugaibh ſainear ciod a chluinneas ſibh: leis an tomhas a thomhaiſeas ſibh, tomhaiſear dhuibh ſein: agus bheirthear tuilleadh dhuibhſe 'ta 'g eiſdeachd.

25 Oir ge b'è neach aig am bheil, bheirthear dha: agus ge b'è neach aig nach 'eil, bheirthear uaithe an ni ſin fein a 'ta aige.

26 Agus a dubhairt ſè, Is amhuil rioghachd Dhe, mar gu'n cuireadh duine ſiol ann ſan talamh,

27 Agus gu'n coidleadh è, agus gu'n eir'eadh è a dh'oidhch' agus a là, agus gu'n gineadh an ſiol, agus gu'm faſadh è ſuas, air dòigh nach fhios da.

28 Oir bheir an talamh amach toradh uaithe fein, air tùs am fochann, a-rìs an dias, 'n diaigh ſin an lan arbhar ann ſan dëis.

29 Ach an uair ata 'n toradh abaich, air ball cuiridh ſe an corran ann, chionn gu bheil am foghmhar air teachd.

30 Agus a dubhairt è, Ciod *ar ri* re 'n ſamhluich ſinn rioghachd

achd Dhe? no creud è an cofa'-lachd leis an coi'-meas finn i?

31 *Is* cofmhuil i re gràinne mu-ftaird, ni, 'n uair a chuirthear fan talamh è, is lugha do na h uile phòraibh ata air talamh.

32 Ach taireis a chur, fàfaidh fè fuas, agus cinnidh fè ni's mò na *aon luibh do* na h uile luibheannaibh, agus fàfaidh geugan mòra air, ionnas gu 'm feud èunlaith an aidheir neid a dheanamh fuidh a fgàile.

33 Agus le iomadh d'a leithidibh fin do chofamhlachdaibh labhair è 'm focal riu, a reir mar a b' urradh iad a chluinntin.

34 Ach gun chofamhlachd cha do labhair fè riu: Agus mhìnich è na h uile nithe d'a dheifciobluibh fein air leth.

35 Agus a dubhairt fè riu air an là fin fein, air teachd do 'n fheafcar, Rachamaid thairis do 'n taoibh eile.

36 Agus an uair a fgaoil fiad an coi'-thional, thug iad leo eifean ann fan luing mar a bha è, agus bha longa beaga eile 'n a fhochair mar an ceudna.

37 Agus dh'eirich ftoirm mhòr ghaoithe ann, agus leum na tonna a fteach do'n luing, air chor's gu'n raibh i 'noife làn.

38 Agus bha eifean ann an deireadh na luinge, 'n a chodal air cluafaig: agus dhùifg iad è, agus a deir iad ris, A mhaighiftir, nach 'eil fuim agad gu'n caillear finn?

39 Agus air eirigh dha-fan, chronuich fè ghaoth, agus a dubhairt è ris an fhairge, Tofd, bi ciuin. Ann fin luidh a' ghaoth, agus bha * fè'mhòr ann.

40 Agus a dubhairt fè riu, C'ar fon ata fibh co eaglach? cionnas nach 'eil creidimh agaibh?

41 Agus ghabh iad eagal romhòr, agus a dubhairt fiad fr'a chéile, Creud è an duine fo, gu bheil a' ghaoth, agus an fhairge fein umhal da?

CAIB. V.

1 *Air do Chriofd na deamhain a chur amach as an duine ann s an raibh legion diubh,* 13 *chuaidh iad a ftigh ann fna mucaibh.* 25 *Leighis è bhean air an raibh dòrta' fola,* 35 *agus thog fè o na marbhaibh inghean Iairuis.*

AGUS thainig iad gu taoibh eile na fairge, gu dùthaich nan Gadarenach.

2 Agus air dol amach dha as an luing, air ball thachair duine ann s an raibh fpiorad neo-ghlan air, *a' teachd* as na tuamaibh,

3 Aig an raibh *a* chomhnuidh fna tuamaibh, agus ni 'm b' urradh neach air bith a cheangal, eadhon le flabhraidhibh:

4 Oir chuaidh a cheangal gu tric le geimhlibh agus le flabhraidhibh, agus tharruing fè na flabhraidhean as a chéile, agus mhìnbhris è na geimhlean: Agus ni'm b' urradh duin' air bith a cheannfachadh.

5 Agus bha è ghnà, a là agus a dh'oidhche fna beanntaibh, agus fna h ionadaibh adhlaic', a' glaodhaich, agus 'g a ghearradh fein le clochaibh.

6 Ach an uair a chunnaic fè Iofa fada uaithe, ruidh è agus fhleuchd fè dha,

7 Agus ghlaodh è le guth mòr, agus a dubhairt fè, Ciod mo ghnothuch-fa riut, Iofu, Mhic an De is ro-àirde? cuiream ort a h uchd De, gun mo phianadh.

8 (Oir a dubhairt fè ris, Thig amach as an duine, a fpioraid neo-ghloin)

9 Agus dh'fhiofruich fè dheth, Creud is ainm dhuit? Agus fhreagair eifean, ag radh, Legion is ainm dhamh: oir ata finn mòran ann,

10 Agus

* ciuineas.

10 Agus ghuidh fè gu ro-gheur air, gun è g'an cur amach as an dùthaich *fin*.

11 Agus bha treud mhòr do mhucaibh ann fin, ag inealtradh am fogus do na fleibhtibh.

12 Agus ghuidh na deamhain uile air, ag radh, Cuir finne dh'ionnfuidh nam muc, chum's gu'n rachamaid a fteach ionnta.

13 Agus air ball thug Iofa cead doibh; agus air dol amach do na fpioradaibh neo-ghlana, chuaidh iad a ftigh ann fna mucaibh, agus ruidh an treud fios gu dian le aite cas do'n fhairge, (bha iad mu thimchioll da mhile) agus thachdadh iad fan fhairge.

14 Agus theich iadfan a bha 'g inealtradh nam muc, agus dh'innis iad fin, araon ann fa bhaile, agus ann fan tìr. Agus chuaidh iad amach a dh'fhaicfin ciod è an ni ud a * tharladh.

15 Agus thainig iad chum Iofa, agus chunnairc iad an ti ann s an raibh an deamhan, agus aig an raibh an legion, 'n a fhuidhe, agus eadach uime, agus a chiall aige; agus ghabh iad eagal.

16 Agus dh'innis iadfan a chunnairc è dhoibh, cionnas a thachair do 'n ti ann s an raibh an deamhan, agus mu thimchioll nam muc.

17 Agus thòfaich iad re guidhe air, im'eachd amach as an criochaibhfe.

18 Agus air dha dol a ftigh fan luing, ghuidh an ti ann s an raibh an deamhan air, gu'm feudadh è bhi maille ris.

19 Gidheadh ni'n d'leig Iofa leis, ach a dubhairt fè ris, Im'ich dhathigh dh'ionnfuidh do mhuintir, agus innis dhoibh mèud nan nithe a rinn an Tighearna dhuit, agus gu'n d'rinn fe tròcair ort.

20 Agus dh'imich eifean, agus thòfaich è re chur ann céill ann an Decapolis mèud nan nithe rinn Iofa dha: agus ghabh iad iongantas uile.

21 Agus air dol do Iofa a-rìs thairis ann fan luing do'n taoibh eile, chruinnicheadh fluagh mòr d'a ionnfuidh; agus bha è laimh ris an fhairge.

22 Agus fèuch, thainig a h aon do uachdaranaibh nan fionagog d' am b'ainm Iairus, agus 'n uair a chunnairc fè eifean, leig fe è fein fios aig a chofaibh.

23 Agus ghuidh è gu dùrachdach air, ag radh, Ata m' inghean bheag ann cunntart grad-bhais, thig agus leig do lamhan uirre, chum as gu 'n flànuichear i, agus mairfidh fi beo.

24 Agus dh'imich *Iofa* maille ris, agus lean fluagh mòr è, agus dhomhluich fiad è.

25 (Agus *bha* bean àraidh *ann fin*, air an raibh dòrta' fola rè dhà-bhliadhna-dheug,

26 Agus dh' fhulaing fi mòran o iomadh léighibh, agus chaith fi na bha aice, agus cha b'fheaird i bheag è, ach gu m bu mheifd;

27 'N uair a chual' ife iomra' air Iofa, thainig i 'measg an tfluaigh o chùlthaobh, agus bhean fi r'a eadach:

28 Oir a dubhairt fi, Ma dh'fheudas mi beantuin ach r'a eadach, flànuichear mi.

29 Agus air ball thiormaicheadh tobar a fola: agus dh'aithnich fi air a corp fein gu'n do leighifeadh i o'n phlàigh fin.

30 Agus dh'aithnich Iofa air ball ann fein gu'n deachaidh cumhachd amach as, agus air dha tionndadh fan t fluagh, a dubhairt fè, Co a bhean re m' eadach?

31 Agus a dubhairt a dheifciobuil ris, Ata thu faicfin gu 'm bheil an fluagh ga d' dhomhlachadh, agus an abair thu, Co a bhean rium?

32 Agus dh' amhairc fè m' an cuairt g' a faicfins' a rinn fo.

33 Ach

* thachair

33 Ach air do'n mhnaoi bhi fa eagal agus air chrith, air aithneachadh an ni a rinneadh innte, thainig fi, agus leig fi i fein fios 'na làthair, agus dh'innis i 'n fhìrinn uile dha.

34 Agus a dubhairt fè ria, Inghean, fhlànuich do chreidimh thu; im'ich ann sìth, agus bi flàn o d' phlàigh.)

35 Am feadh a bha è fòs a' labhairt, thainig *droing* o *thigh* uachdarain na fionagoige, ag radh, Fhuair d' inghean bàs, c'ar son a chuireadh tu tuilleadh dragh' air a' mhaighistir?

36 Co luath 'sa chual' Iosa an comhradh so a labhradh, a deir fè re uachdaran na fionagoige, Na biodh eagal ort, amhàin creid.

37 Agus cha d'fhulaing è do neach air bith a leantuin, ach Peadar, agus Seumas, agus Eoin bràthair Sheumais.

38 Agus thainig fè gu tigh uachdarain na fionagoige, agus chunnairc è * 'n iomairt, agus iadsan a bha gul, agus a' caoineadh gu mòr.

39 Agus air teachd a fteach dha, a deir fè riu, C'ar son ata sibh ris an iomairt so, agus re bròn? cha 'n 'eil an inghean marbh, ach 'n a codal.

40 Agus rinn iadsan gàire *le fanoid* ris: ach air dha-san an cur uile amach, thug è leis athair agus màthair na h inghin, agus iadsan a bha maille ris, agus chuaidh fè fteach far an raibh an inghean 'na luidhe.

41 Agus air dha breith air an inghin air làimh, a deir fè ria, Talitha cumi, 's è sin, air eidirmhìneachadh, A chailin, (a deirim riut) eirich.

42 Agus air ball dh'eirich an inghean, agus dh'imich fi; oir bha i dà-bhliadhna-dheug *a dh'aois*: agus ghabh iad iongantas an-barrach.

43 Agus thug è òrdugh teann doibh, nach fuigheadh duin' air bith fios air so: agus dh'àithin è *càileigin* a thoirt di r'a itheadh.

CAIB. VI.

1 *Chuireadh Criosd ann neimh-phrìs le muintir a dhù'cha.* 7 *Ata fè tabhairt do'n dà-fhear-dheug cumhachd os cionn spiorada neoghlana.* 14 *Iomadh bar'ail mu Chriosd.* 18 *Chuireadh an ceann do Eoin baisde, agus dh'adhlaiceadh è.* 30 *Phill na deisciobuil o fhearmonachadh.* 34 *Miorbhuil nan cuig aran, agus an dà èisg.* 48 *Ata Criosd ag im'eachd air a' chuan,* 53 *agus a' leigheas gach uil' a bhean ris.*

AGUS chuaidh è 'mach as sin, agus thainig è d'a dhuthaich fein, agus lean a dheisciobuil è.

2 Agus 'n uair a thainig an t sàbaid, thòisaich è air teagasg ann san t sionagog: agus air do mhòran a chluinntin, ghabh iad iongantas, ag radh, Cia uaith' ata na nithe-se aig an fhear so? Agus creud è 'n gliocas so thugadh dha, gu bheil a leithid so do fheartaibh air an deanamh le làmhaibhsin?

3 Nach è so an saor, mac Mhuire, bràthair Sheumais agus Iosès, agus Iuda, agus Shimoin? Agus nach 'eil a phearaiche ann so 'n ar fochair-ne? Agus fhuair iad oilbheum ann.

4 Ach a dubhairt Iosa riu, Cha 'n 'eil fàidh gun onoir, ach 'n a dhùthaich fein agus a' measg a chàirdean, agus ann a thigh fein.

5 Agus cha raibh è 'n comas da miorbhuil air bith a dheanamh ann sin, saor o gu 'n do chuir è a làmha air beagan do mhuintir a bha tinn, agus leighis se *iad*.

6 Agus bha iongantas air air son an mi-chreidimh. Agus chuaidh fè

* am buaireas.

fè timchioll nam bailte, a' teagasg.

7 Agus ghairm fè chuige 'n dà-fhear-dheug, agus thòisaich è air an cur amach dias agus dias, agus thug è dhoibh cumhachd air spioradaibh neo-ghlana,

8 Agus dh'aithin fè dhoibh gun ni air bith thoirt leo air son na slighe, ach lorg amhàin: gun mhàla, gun aran, gun airgiod 'n an sporan:

9 Ach * bonn-bhròga *bhi* air an cosaibh: agus gun dà chòta bhi umpa.

10 Agus a dubhairt fè riu, Ge b'è ionad air bith ann s an d' theid sibh a steach do thigh, ann sin fanaibh gus am falbh sibh as an àite sin.

11 Agus co air bith iad nach gabh ribh, agus nach eisd ribh, air dhuibh im'eachd as an àite sin, crathaibh an dusdach a bhitheas far cosaibh, mar fhia'nais 'n an aghaidh. Gu deimhin a deirim ribh, Gur so-iomchair' a bhitheas staid Shodoim agus Ghomorrha ann là a' bhreitheamhnais, na staid a' bhaile sin.

12 Agus chuaidh iad amach, agus shearmonaich iad *daoine* a dheanamh aithreachais.

13 Agus thilg iad amach mòran dheamhan, agus dh'ung iad le h ola mòran a bha tinn, agus leighis siad *iad*.

14 Agus chual' Ioraith an righ *uime*, (oir chuaidh ainm am follus) agus a dubhairt fè, Ata Eoin Baisd' air eirigh o na marbhaibh, agus uime sin ata feartan ag oibriuchadh ann.

15 A dubhairt cuid eile, Gur è Elias at'ann. Agus a dubhairt cuid eile, Gur faidh at' ann, no mar aon do na faidhibh.

16 Ach 'n uair a chual' Ioraith *so*, a dubhairt fe, 'S è Eoin a 'ta ann, d'an chuir mise an ceann; dh'eirich è o na marbhaibh.

17 Oir do chuir Ioraith fein uaith' agus ghlac fè Eoin, agus cheangail fè 'm prìosun è, air son Herodiais bean phòsd' Philip a bhràthar fein, do bhri' gur phòs eisean i.

18 Oir bha Eoin air a radh re Ioraith, Cha'n 'eil è ceaduichte dhuitse bean do bhràthar a bhi agad.

19 Uime sin bha diom mhòr aig Herodias ris, agus bu mhiann le a chur gu bàs, ach cha b'urradh si.

20 Oir bha eagal Eoin air Ioraith, air dha fios a bhi aige gu'm bu duine ceart agus naomha è, agus thug è fainear è, agus air dha a chluinntin, rinn è mòran do nithibh *air a chomhairle*, agus dh'eisd fè ris gu toileach.

21 Agus air teachd do là iomch'uidh, rinn Ioraith, air co'-ainm an là an d' rugadh è, suipeir d'a uaislibh, agus d'a àrd-chaiptinibh, agus do mhaithibh na Galilee:

22 Agus air dol a steach do inghean Herodiais so, agus air dhi damhsa dheanamh, thaitin si re Ioraith agus riu-san a shuidh maille ris, agus a dubhairt an righ ris a' chailin, Iarr ormsa ge b'è ni 's àill leat, agus bheir mi dhuit *è*.

23 Agus thug fè mionna dhi, Ge b'è ni dh'iarras tu orm, bheir mi dhuit è, gu leith mo rioghachd.

24 Agus air dol amach dh'ise, a dubhairt si r'a màthair, Ciod a dh'iarras mi? Agus a dubhairt ise, Ceann Eoin Bhaisde.

25 Agus chuaidh si air ball le cabhaig a steach a dh'ionnsuidh 'n righ, agus dh'iarr i, ag radh, 'S àill leam gu'n d'thugadh tu dhamh gun dàil ceann Eoin Bhaisde air mèis.

26 Agus bha 'n righ ro-dhoilich, *gidheadh* air son a mhionna, agus an dream a bha 'n an suidhe maille ris, cha raibh toil aige a diultadh.

27 Agus air ball chuir an righ amach fear millidh, agus dh'aithin fè

* cuaraig.

fè a cheann a thoirt a fteach: agus dh'imich eifean agus thug è 'n ceann deth 'ann fa phrìofun,

28 Agus thug e cheann leis air mèis, agus thug è do'n * chailin è: agus thug an cailin d'a màthair è.

29 Agus 'n uair a chual' a dheifciobuil *fin*, thainig iad agus thog iad a chorp, agus chuir iad ann an uaigh è.

30 Agus chruinnicheadh na h Abftoil chum Iofa, agus dh'innis iad da gach uile nithe, araon gach nithe a rinn fiad, agus gach nithe a theagaifg iad.

31 Agus a dubhairt fè riu, Thigibhs' air leth do àite uaigneach, agus gabhaibh fois car tamuill bhig: Oir bha mòran a' teachd agus a' dol, agus cha raibh ùine aca uiread as biadh itheadh.

32 Agus chuaidh iad gu àite fàs'ail ann an luing air leth.

33 Agus chunnairc an fluagh iadfan a' falbh, agus dh'aithnich mòran è, agus ruidh iad d' an ceis as na bailtibh uile ann fin, agus bha iad rompa, agus chruinnicheadh iad d'a ionnfuidh.

34 Agus air dol amach do Iofa, chunnairc è fluagh mòr, agus ghabh è truas mòr dhiubh, chionn gu'n raibh iad mar chaoirich gun bhuachaill' aca: agus thòfaich fè air mòran do nithibh a theagafg dhoibh.

35 Agus 'n uair a bha 'nois' mòran do'n là † air dol feachad, thainig a dheifciobuil d'a ionnfuidh, ag radh, Ata 'n t àite fo fàs, agus ata 'nois' mòran do'n là *air dol thairis:*

36 Leig air falbh iad, chum's gu d' theid iad do'n tìr m'an cuairt, agus do na bailtibh, agus gu ceannaich fiad biadh dhoibh fein: oir cha'n 'eil ni air bith aca r'a itheadh.

37 Ach fhreagair eifean, agus a dubhairt fè riu, Thugaibhfe dhoibh r'a itheadh. Agus a deir iadfan ris, An d' theid finn, agus an ceannaich finn luach dha cheud peghinn a dh'aran, chum gu d' thugamaid dhoibh ni r'a itheadh?

38 Ach a dubhairt eifean riu, Cia lion ‡ arain ata agaibh? rachaibh agus faicibh. Agus air faghail fios doibh, a deir fiad, Cuig, agus dà iafg.

39 Agus dh'aithin fè dhoibh a thoirt orr' uile fuidheadh fios 'n an cuideachdaibh air an fhèur ghlas.

40 Agus fhuidh iad fios 'n an bnidhnibh fa leth, 'n an ceudaibh, agus 'n an leth-cheudaibh.

41 Agus air dha na cuig arain agus an dà iafg a ghabhail, agus amharc fuas gu neamh, bheannaich, agus bhris è na h arain, agus thug fe d'a dheifciobluibh *iad*, chum's gu'n cuireadh fiad rompa iad; agus roinn è 'n dà iafg orr' uile.

42 Agus dh'ith iad uile, agus fhàfuicheadh iad.

43 Agus thog iad dà-chliabh-dheug làn do 'n bhiadh bhriſt', agus do na h iafgaibh.

44 Agus bha 'n dream a dh'ith do na h aranaibh, mu thimchioll cuig mìle fear.

45 Agus air ball choi'-éignich è dheifciobuil gu dol ann fan luing, agus dol roimhe dh'ionnfuidh na taoibh thall gu Betfaida, gus an cuireadh fè an fluagh air falbh.

46 Agus 'n uair a chuir fè air falbh iad, chuaidh è gu fliabh a dheanamh ùrnuigh.

47 Agus 'n uair a bha 'n t anmoch ann, bha 'n long am meadhon a' chuain, agus eifean 'n a aonar air tìr.

48 Agus chunnaic fè iadfan air am pianadh ag iomramh: (oir bha ghaoth 'n an aghaidh) agus thainig fè d'an ionnfuidh mu thimchioll na ceathramh faire do'n oidhche, ag im'eachd air a' chuan, agus b'àll leis dol feachad orra,

* inghean. † air a chaitheamh. ‡ builionn.

49 Ach an uair a chunnairc iads' è ag im'eachd air an fhairge, fhaoil iad gu 'm bu tannasg a bh' ann ; agus ghlaodh fiad.

50 (Oir chunnaic iad uil' è, agus bha iad fa gheilt-thriobloid) Agus air ball labhair è riu, agus a deir fè riu, Biodh misneach inhaith agaibh, is mise 'ta anu, na biodh eagal oirbh.

51 Agus chuaidh è suas d' an ionnsuidh do'n luing, agus luidh a' ghaoth : agus bha nathbhas mor thar tomhas orra, agus ghabh iad iongantas.

52 Oir cha d' thug iad fainear *miorbhuil* nan aran ; oir bha 'n croidhe air a chruadhachadh.

53 Agus 'n uair a chuaidh fiad thairis, thainig iad gu talamh Ghenesaret, agus tharruing iad gu tìr.

54 Agus 'n uair a thainig iad amach as an luing, air ball dh'aithnich iad è,

55 Agus ruidh iad tre 'n tìr sin uile m'an cuairt. agus thionnsgain iad an droing a bha tinn a ghiulan m' an cuairt air leabaichibh, ge b'è àit' an cual' iad eisean a bhi.

56 Agus ge b'è air bith bailte, nó caithriche, no dùthaich an deachaidh fè steach, chuir iad na daoine tinn air na sràidibh, agus ghuidh iad air gu 'm feudadh iad beantuin amhain re iomall eadaich : agus a mheud 's a bhean ris, leighiseadh iad.

CAIB. VII.

1 *Ata na Phairisich a' faghail croin do na deisciobluibh, air son gu'n raibh iad ag itheadh le lamhaibh neo-ionnlaidte ; 6 Ata Criosd air an lòimh eile a' faghail croin doibhse air son gu'n raibh iad a' briseadh àitheanta Dhe le teagasg, agus gnathucha' dhaoine.* 14 *Cha salaich biadh an duine.* 24 *Leigl is e inghean na ban-sirophenisianich o spiorad neo-ghlan,*

31 *Agus duine a bha bothar agus lideach 'n a chainnt.*

AGUS chruinnicheadh na Phairisich d'a ionnsuidh, agus dream àraidh do na Sgriobhuichibh a thainig o Ierusalem.

2 Agus air faicsin doibh cuid d'a dheisciobluibh-sin ag itheadh arain le lamhaibh falcha (sin r'a radh neo-ionnlaidt,') fhuair iad cron *doibh*.

3 Oir cha 'n ith na Phairisich, agus na h Iudhaich uile, biadh, mur ionnlaid fiad an làmha gu minic, ag coimhead òrduigh nan sinnsireadh.

4 Agus *air teachd* o'n mhargadh *dhoibh*, mur ionnluid iad, cha 'n ith iad. Agus ata mòran do nithibh eile ghabh iad orr' a choimhead, *mar ata* nighe chupan, agus phota, agus shoithiche prais, agus * leabaichean

5 Ann sin chuir na Phairisich agus na Sgriobhuichidh do cheist air, C'ar son nach 'eil do dheisciobuil ag im'eachd a reir òrduigh nan sinnsireadh ; ach ataid ag itheadh arain le làmhaibh neo-ionnlaidt' ?

6 Ach fhreagair eisean agus a dubhairt fè riu, Is maith a rinn Esaias fàidheadoireachd m'ar timchiolls', a chealgoirean, a reir mar ata è sgriobht', Ata am pobull so toirt onoir dhamhsa le 'm bilibh, ach ata an croidhe fada uam.

7 Ach is ann gu diomhanach ataid toirt adhraidh dhamhs', ag teagasg àitheanta dhaoine mar theagasg.

8 Oir air tréigsin àithne Dhe dhuibh, ata fibh a' cumail òrduchadh dhaoine, *mar ata* nigheadh phota agus chupan : agus mòran eile d'an leithidibh sin ata fibh a' deanamh.

9 Agus a dubhairt fè riu, Is maith ata fibh a' cur air cùl àithne Dhe, chum's gu'n coimhead fibh bhur òrduchadh fein.

10 Oir

* àiteacha suidh'

10 Oir a dubhairt Maois, Thoir onoir do t athair, agus do d' mhàthair: agus, Ge b'è neach a mhalluicheas athair no mhàthair, cuirthear gu cinnteach gu bàs è.

11 Ach a deir sibhse, Ma deir neach r'a athair, no r'a mhàthair, *Is* Corban *è*, sin r'a radh, tiodhlaca' *do'n teampull*, ge b'è ni leis am fuigheadh tu tairbhe uamsa: *bithidh sè saor.*

12 Agus cha leig sibh dha as sin suas ni sam bith a dheanamh air son athar, no a mhàthar:

13 A' cur focail De ann neimhbrigh le bhur gnàthucha' fein, a dh'òrduich sibh: agus mòran d' an leithidibh sin do nithibh ata sibh a' deanamh.

14 Agus air gairm an t sluaigh uile d'a ionnsuidh, a dubhairt sè riu, Eistibh riums' uile, agus tuigibh.

15 Ni 'm bhuil ni sam bith o'n taobh a muigh do'n duine, a theid a steach ann, d'am bheil è 'n comas eisean a shalchadh: ach na nithe 'ta teachd amach as, is iad sin a 'ta salchadh an duine.

16 Ge b'è aig am bheil cluasa chum eisdeachd, eisdeadh è.

17 Agus an uair a chuaidh sè steach do'n tigh o'n t sluagh, chuir a dheisciobuil ceisd air mu thimchioll a' pharabail.

18 Agus a deir sè riu, Am bheil sibhse mar so sòs gun tuigse? Nach 'eil fhios agaibh, ge b'è ni air bith a theid a steach san duine o'n leth a muigh, nach 'eil è 'n comas da eisean a shalchadh?

19 Do bhri' nach d'theid è steach d'a chroidhe, ach do'n bholg, is theid sè 'mach do'n ghuiteir, a' glanadh gach uile bhidh.

20 Agus a dubhairt sè, Is è a' ni a thig amach as an duine, a shaluicheas an duine

21 Oir is ann o'n taobh a stigh, a' croidhe dhaoine, a' thig amach droch smuaintidh, adhaltranas, striopachas, mòrta,

22 Goid, sannt, aingidheachd, mealltoireachd, macnus, droch-shùil, blaisphem', uabhar, ai nideachd:

23 Ata na h uile sin uile a' teachd amach o'n taobh a stigh, agus a' salchadh an duine.

24 Agus air dha eirigh as sin, chuaidh sè gu criochuibh Thiruis agus Shidoin: agus air dol dha a steach do thigh, cha b'àill leis tios a bhi aig neach sam bith *air;* gidheadh ni 'm feudadh è bhi 'm folach.

25 Oir chuala bean uime, aig an raibh inghean bheag, ann san raibh spiorad neo-ghlan, agus thainig si agus thuit si aig a chosaibh:

26 (Agus bu Ghreugach a' bhean, ban-siropheniisianach a thaobh cinnich) agus ghuidh si air gu 'n tilgeadh è an deamhan amach as a h inghin.

27 Ach a dubhairt Iosa ria, Fulaing do'n chloinn air tùs a bhi air an sasuchadh: oir ni 'm bhuil è iomchuidh aran na cloinne a ghabhail, agus a thilgeadh chum nan con.

28 Agus fhreagair ise agus a deir si ris, Is fior sin, a Thighearna: gidheadh ithidh na coin fuidh 'n bhòrd do sbruileach na cloinne.

29 Agus a dubhairt eisean ria, Air son na cainnte so fein, im'ich romhad, ata an deamhan air dol amach a d' inghin.

30 Agus an uair a bha ise air teachd a dh'ionnsuidh a tighe, fhuair i an deamhan air dol amach, agus a h inghean air a cur 'n a luidhe air an leabaidh.

31 Agus a-ris air dha im'eachd o chriochuibh Thiruis agus Shidoin, thainig è gu fairge na Galilee, tre mheadhon criocha Dhecapolis.

32 Agus thug iad d'a ionnsuidh duine bodhar, aig an raibh fadhuich

'n a chainnt: agus ghuidh iad air gu'n cuireadh fè a làmh air.

23 Agus thug fè a leth o'n phobull è, agus chuir fè a'mheoir 'n a chluasaibh, agus, air fileadh dha, bhean fè r'a theangaidh.

34 Agus air dha amharc fuas gu neamh, leig fè osna as, agus a deir fè ris, Ephphatha, 's è fin r'a radh, Bi fosgailt'.

35 Agus air ball dh'fhosgladh a chluasa, agus dh'fhuasgladh ceangal a theangaidh, agus labhair fè gu ceart.

36 Agus dh'àithin fè dhoibh gun iad a dh'innseadh fin do neach air bith: ach mar is mò a thoirmisg fè dhoibh, bu mhòid gu ro-mhòr a chuir iads' *an gniomh* os àird;

37 Agus bha iad gu ro-mhòr air an lionadh le h iongantas, ag radh, Rinn è gach uile nithe gu maith: ata fè faraon a' tabhairt air na bothair gu'n cluinn iad, agus air na bailbh gu'n labhair iad.

CAIB. VIII.

1 *Ata Crioſd a' biadhadh a' phobuill gu miorbhuileach;* 11 *A' diultadh comharth' a thabhairt do na Phairiſchibh;* 14 *ag iarruidh air a dheiſciobluibh bhi air am faicill o làibhin nam Phairiſeach, agus h Ioraith;* 22 *A' tabhairt a radhairc do dhuine dall;* 27 *ag innſeadh d'a dheiſciobluibh gur h è fein Crioſd, gu'n raibh è gu bàs fhulang, agus gu eirigh a-rìs o na marbhuibh.* 34 *Ag earalach' a luchd eiſdeachd a bhi foighidneach fa gheur-leanmhuin air ſon aidmheil an t ſoiſgeil.*

ANN ſna laithibh fin air do phobull ro-mhòr a bhi *ann*, agus gun ni air bith aca r'a itheadh, ghairm Iosa a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, agus 'a deir fè riu,

2 Ata truas mòr agam do'n phobull, do bhri' gu'n d'fhan iad anois' tri làith' maille rium, agus nach 'eil ni air bith aca r'a itheadh:

3 Agus ma leigeas mi d'an tighibh fein 'n an troſg iad, fannuichidh fiad air an t ſlighe: oir thainig cuid aca am fad.

4 Agus fhreagair a dheiſciobuil è, *ag radh*, Cia as a dh'fheudas neach iad ſo a ſhàſuchadh le h aran ann ſo ſan fhàſach?

5 Agus dh'fhioſraich fè dhiubh, Cia lion arain ata agaibh? Agus a dubhairt iadſan, Seachd.

6 Agus thug fè òrdugh do'n t ſluagh ſuidhe ſios air an lèr: agus ghlac è na ſeachd arain, agus air tabhairt buidheachais, bhris è, agus thug fè *iad* d'a dheiſciobluibh, chum gu 'n cuireadh fiad 'n an làthair *iad:* agus chuir iad ſios ann làthair an t ſluaigh *iad.*

7 Agus bha aca beagan a dh'iaſgaibh beaga: agus bheannuich fè *iad*, agus dh'àithn è 'n cur ſios 'n an làthair mar an ceudna.

8 Agus dh'ith iad, agus ſhàſuicheadh iad: agus thog iad *ldn* ſheachd cliabh do'n bhiadh bhriſt', a bha dh'fhuighleach aca.

9 Agus bha iadſan a dh'ith mu thimchioll cheithir mìle; agus leig fè air falbh iad.

10 Agus air ball chuaidh fè a ſteach ann luing maille r'a dheiſciobluibh, agus thainig fè gu criochuibh Dhalmanuta.

11 Agus thainig na Phairiſich amach, agus thòſaich iad re ceiſdean a chur air, ag iarruidh comharthaidh uaithe o neamh, 'ga bhuaireadh.

12 Agus air deanamh oſna dhafan 'n a ſpiorad, a dubhairt fè, C'ar ſon ata an ginealach ſo ag iarruidh comharthaidh? gu deimhin a deirim ribh, Mar is fior miſe, nach tiubhrar comharth' do'n ghinealach ſo.

13 Agus dh'fhàg fè iad, agus air dha dol a ſteach do'n luing a-rìs, chuaidh

chuaidh fè dh'ionnſuidh na taoibh eile.

14 Agus dhi-chuimhnich *na deiſciobuil* arain a thoirt leo; agus ni 'n raibh aca ach aon * aran maille riu ſan luing.

15 Agus dh'àithn fè dhoibh, ag radh, Thugaibh an aire, bithibh air bhur faicill ann aghaidh làibhin nam Phairiſeach, agus làibhin Ioraith.

16 Agus bha iads' a' reaſunachadh 'n am meaſg fein, ag radh, *Is ann* air ſon nach 'eil aran againn *ata è*.

17 Agus air aithneachadh *ſin* do Iofa, a dubhairt fè riu, C'ar ſon ata ſibh a reaſunach' do bhri' nach 'eil aran agaibh? Nach 'eil fhios agaibh fôs, agus nach 'eil ſibh a' tuigſin? am bheil bhur croidhe fôs air a chruadhachadh?

18 Air dhuibh ſùilean a bhi agaibh, nach faic ſibh? agus air dhuibh cluaſan a bhi agaibh, nach cluinn ſibh? agus nach 'eil ſibh a' cuimhneachadh?

19 An uair a bhris mi na cuig arain a' meaſg nan cuig mìle, cia lion cliabh làn do bhiadh briſt' a thog ſibh? A dubhairt iadſan ris, A dhà dheug.

20 Agus an tann *a bhris mi* na ſeachd a' meaſg nan ceithir mìle, cia lion cliabh làn do bhiadh briſt' a thog ſibh? Agus a dubhairt iadſan, Seachd.

21 Agus a dubhairt fè riu, Cionnas nach 'eil ſibh a' tuigſin?

22 Agus thainig è gu Betſaida, agus thug ſiad d'a ionnſuidh duine dall, agus ghuidh iad air gu 'm beanadh è ris.

23 Agus rug fè air làimh an doill, agus threòruich fè 'mach as a' bhaile è; agus air dha a ſhileadh a chur air a ſhùilibh, agus a làmhan a chur air, dh'fheòruich fè dheth an raibh è faicſin ni air bith.

24 Agus air amharc ſuas da, a dubhairt fè, Ata mi faieſin dhaoine mar chraobhan ag im'eachd.

25 'N a dhiaigh ſin, chuir è a làmhan a-rìs air a ſhùilibh, agus thug fè air amharc ſuas: agus dh'aiſigeadh *a radharc dha*, agus chunnaic fè gach uile dhuine gu ſoilleir.

26 Agus chuir fè dh'ionnſuidh a thighe fein è, ag radh, Na rach a ſteach do'n bhaile, agus na h innis do neach air bith ann ſa bhaile *è*.

27 Agus chuaidh Iofa agus a dheiſciobuil amach gu bailtibh Cheſarea Philippi: agus air an tſlighe chuir fè ceiſd air a dheiſciobluibh, ag radh riu, Co a deir daoine is miſe?

28 Agus fhreagair iadſan, *A deir cuid, gur tu* Eoin Baiſde: agus cuid eil', Elias; agus cuid eil', A h aon do na fàidhibh.

29 Agus a deir eiſean riu, Ach co a deir ſibhſe is mi? Air do Pheadar freagairt, a deir fè ris, 'S tu Crioſd.

30 Agus thug fè ſparradh dhoibh gun iad a dh'innſeadh *ſo* uime do neach ſam bith.

31 Agus thòſaich fè r'an teagaſg, gur eigin do Mhac an duine mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis na ſeanoiribh, agus na h àrd-ſhagartaibh agus na ſgriobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus eirigh a-rìs ann diaigh thri làith'.

32 Agus labhair fè a' chainnt ſo os àird. Agus rug Peadar air, agus thòſaich fè re achmhaſan a thabhairt da.

33 Ach air dha-ſan tionndadh m'an cuairt, agus amharc air a dheiſciobluibh, chronuich fè Peadar, ag radh, Im'ich air mo chùl-thaobh, a Shàtain: oir † ni 'm bhuil agad ſpéis do nithibh Dhe, ach do nithibh dhaoine.

34 Agus air gairm an tſluaigh, agus

* bhuillon.

† ni'm bhuil d'aire air nithibh Dhe,

agus a dheifciobul d'a ionnfuidh, a dubhairt fè riu, Ge b'è neach leis an àill teachd a'm' dhiaighs', àichfheunadh fè è fein, agus togadh è a chrann-ceufaidh, agus leanadh è mife.

35 Oir ge b'è neach leis an àill anam fein a choimhead, caillidh fè è; ach ge b'è neach a chailleas anam air mo fhon-fa, agus *air fon* an tfoifgeil, coimhididh eifean è.

36 Oir creud è an tairbh' do dhuine, ge do chofnadh è an faoghal gu h iomlan, agus anam a chall?

37 No ciod i a'mhalairt a bheir duine air fon anma?

38 Oir ge b'è neach a ghabhas nàire dhiomfa, agus do m'fhoclaibh, ann fa ghinealach adhaltranach agus olc-fa, dhethfe gabhuidh Mac an duine nàire, 'n uair a thig fè ann glòir Athar, maille ris na h ainglibh naomhtha.

CAIB. IX.

2 *Ata cruth Iofa air atharach': 11 Ata fè a' teagafg a dheifciobul mu thimchioll teachd Eliais; 14 A' tilgeadh amach an fpioraid bhailbh agus bhothair; 30 A' roi'-innfeadh a bhàis, agus eifeirigh; 33 ag comhairleach' a dheifciobul a bhi irioſal: 38 Ag iarruidh orra gun bhacadh a chur orrafan, nach raibh 'n an aghaidh, maith a dheanamh ann ainm Chriofd, agus gun iad a thoirt oilbheim dh'aon neach a bha creidfin.*

AGUS a dubhairt fè riu, Gu deimhin a deirim ribh, gu 'm bheil cuid dhiubhfan a 'ta 'n an feafamha nn fo, nach blais bàs, gus am faicfiad rioghachd Dhe a' teachd le cumhachd.

2 Agus ann cionn fhea làith, thug Iofa Peadar, agus Seumas, agus Eoin leis, agus threòruich fè iad 'n an aonar fa leth gu beinn àrd': agus dh'atharuicheadh a chruth 'n am fiadhnuis.

3 Agus rinneadh eadach dealrach, ro-gheal mar an fneachda; air mhodh nach raibh è 'n comas do Ghealadoir-eadaich fam bith air talamh a ghealachadh.

4 Agus dh'fhoillficheadh dhoibh Elias maille re Maois: agus bha iad a' comhradh re h Iofa.

5 Agus fhreagair Peadar, agus a dubhairt fè re h Iofa, A mhaighifdir, 's maith dhuinne bhi 'n fo: air an àdhbhar fin deanamaid tri bothain; a h aon duitfe, agus a h aon do Mhaois, agus a h aon do Elias.

6 Oir cha raibh fhios aige creud a labhradh è: oir bha iad fuidh eagal ro-mhòr.

7 Agus thainig nèul a chuir fgàil' orra, agus thainig guth as an nèul, ag radh, 'S è fo mo Mhac gràdhachs', eifdibh ris.

8 Agus air ball 'n uair a dh' amhairc iad mu 'n timchioll, ni 'm fac' iad neach air bith as fin fuas, ach Iofa 'na aonar maille riu.

9 Agus ag teachd dhoibh a nuas o'n t fliabh, dh'àithin fè dhoibh gun na nithe chunnaic iad innfeadh do neach fam bith, gus an eir'eadh Mac an duine a-rìs o na marbhaibh.

10 Agus ghleidh fiad a' chainnt fo aca fein, a' fiofrachadh d'a chéile ciod bu chiall do eifeirigh o namarbhaibh.

11 Agus dh'fheòraich iad dethfin, ag radh, C'ar fon a deir na Sgriobhuichean gur eigin Elias a theachd air tùs?

12 Agus fhreagair eifean agus a dubhairt fè riu, 'Thig Elias gu deimhin air tùs, agus aifigidh fè gach uile nithe, agus cionnas ata è fgriobht' mu Mhac an duine, gu 'm bheil è gu mòran do nithibh fhulang.

fang, agus a bhi air a chur ann neimh-prìs.

13 Ach a deirim ribh, gu bheil Elias d'a rìreadh air teachd, agus rinn iad ris gach ni a thogair fiad, a reir mar ata è fgriobht' uime.

14 Agus air dha teachd chum a dheifciobul, chunnaic è fluagh mòr m' an timchioll, agus na Sgriobhuichean a' deafboireachd riu.

15 Agus air ball bha 'n fluagh uile, 'n uair a chunnaic fiad è, fa ua'bhas mòr, agus air dhoibh ruidh d'a ionnfuidh, chuir fiad failt' air.

16 Agus dh'fhiofruich fè do na Sgriobhuichibh, Creud è mu 'm bheil fibh a' deafboireachd riu?

17 Agus air freagairt do neach do'n t fluagh, a dubhairt fè, A mhaighifdir, thug mi mo mhac a' t ionnfuidh, ann s am bheil fpiorad balbh:

18 Agus ge b'è ionad fam bith an glac fè è, ata è 'g a tharruing as a chéile; agus ata fè cur cobhair *as a bheul*, agus a' gìofgarnuich le fhiaclaibh, agus ata fè a' feargadh as: agus a dubhairt mi re d' dheifciobluibh, iad g'a chur amach, agus cha b' urradh iad.

19 Ach fhreagair eifean, agus a dubhairt fè ris, O chinnich gun chreidimh, cia fhad' a bhitheas mi maille ribh? cia fhad' a dh'fhuilgeas mi fibh? thugaibh è m' ionnfuidh.

20 Agus thug iad d'a ionnfuidh è: agus an uair a chunnairc fè è, reub an fpiorad air ball e, agus thuit fe air an talamh, agus *bha è* 'g a * ùnairt fein, *agus* ag cur cobhair *as a bheul*.

21 Agus dh'fhiofruich fè d'a athair, Cia fhad' an aimfir o tharladh fo dha? agus a dubhairt fè, O bha è 'n a leanabh.

22 Agus gu minic thilg è fan teine è, agus ann fan uifge, chum gu milleadh fè è: ach ma 'ta thufa comafach air ni fam bith a dheanamh, gabh truas dinn, agus cuidich leinn.

23 Ach a dubhairt Iofa ris, Ma 's urradh thufa creidfin, ata gach aon ni comafach do'n neach a chreideas.

24 Agus ghlaodh athair an leinibh amach air ball, agus a dubhairt fe le deuraibh, Ata mi creidfin, a Thighearna; cuidich thufa le m' mhi-chreidimh.

25 Agus an uair a chunnaic Iofa 'n fluagh a' ruidh cuideachd, chronuich fè an fpiorad neo-ghlan, ag radh ris, A fpioraid bhailbh agus bhothair, ata mi 'g òrduchadh dhuit, Tàr amach as, agus na rach a-fteach ann ni 's mò.

26 Agus ghlaodh *an fpiorad*, agus reub fè gu ro-chràiteach è, agus chuaidh fè amach as: agus bha è 'n riochd mairbh, ionnas gu'n dubhairt mòran, Ata è marbh.

27 Ach air do Iofa a ghlacadh air làimh, thog è fuas e, agus dh'eirich fè.

28 Agus an uair a chuaidh è a fteach do 'n tigh, dh'fhiofruich a dheifciobuil deth os iofal, C'ar fon nach b' urradh finne a thilgeadh amach?

29 Agus a dubhairt fè riu, Ni h'eudar gu 'n d'theid a' ghnè fo amach le ni air bith, ach le h ùrnuigh agus trofga'.

30 Agus dh'imich iad as fin, agus chuaidh iad tre 'n Ghalilee; agus cha b'àill leis fhios *fo* bhi aig aon neach.

31 Oir theagaifg fè a dheifciobuil fein, agus a dubhairt fè riu, Ata Mac an duine air a thabhairt thairis do làmhaibh dhaoine, agus cuiridh fiad gu bàs è, agus taireis a chur gu bàs, eir'idh fe 'rìs an treas là.

32 Ach cha do thuig fiad a' chainnt fo, agus bha eagal orra fheòraich dhethfin.

33 Agus

* aoineagadh.

33 Agus thainig sè gu Capernaum, agus air bhi san tigh dha, dh'fhiosruich è dhiubh, Ciod è mu 'n raibh sibh a' deasboireachd eadruibh fein, air an t slighe ?

34 Ach dh'fhan iadsa' 'nan tosd: oir air an t slighe bha iad a' reasunachadh eatorra fein, co aca bu mhò *a bhiodh*.

35 Agus air suidhe dha, ghairm è 'n dà-fhear-dheug *d'a ionnsuidh*, agus a deir sè riu, Ge b'è neach leis am miann a bhi air thoiseach, bithidh eisean air dheireadh air chàch uile, agus 'n a sheirbhiseach do gach uilè.

36 Agus ghabh sè leanabh, agus chuir sè 'n am meadhon è: agus air a thogbhail suas 'n a uchd, a dubhairt sè riu,

37 Ge b'è neach a ghabhas re h aon d'an leithidibh so do leanbuibh a'm' ainmse, ata sè a' gabhail riumsa: agus ge b'è neach a ghabhas riumsa, cha mhise ris a' bheil sè a' gabhail, ach an Ti a chuir uaithe mi.

38 Agus fhreagair Eoin è, ag radh, A mhaighistir, chunnaic sinne neach a' tilgeadh amach dheamhan a'd' ainmse, nach 'eil 'gar leanmhuins'; agus * bhac sinn è, chionn nach 'eil è 'g ar leantuin fein.

39 Ach a dubhairt Iosa, Na bacaibh è: oir ni 'm bhuil neach sam bith a ni miorbhuil a' m' ainmse, d'am bhuil è 'n comas olc a labhairt gu h ealamh umam.

40 Oir ge b'è neach nach 'eil 'nar n aghaidh, ata sè † air ar crann.

41 Oir ge b'è neach a bheir cupan uisge dhuibhse r'a òl a' m' ainmse, chionn gur le Criosd sibh, gu deimhin a deirim ribh, nach caill sè a dhuais.

42 Agus ge b'è bheir àdhbhar oilbheim dh'aon neach do na h aonaibh beaga so, a 'ta creidsin ionnamsa, b'fhearr dha gu 'm biodh cloch-mhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu 'm biodh sè air a thilgeadh san f hairge.

43 Agus ma bheir do làmh àdhbhar oilbheim dhuit, gearr dhiot i: is fearr dhuit dol do'n bheatha air leth làimh, na dà làimh a bhi agad, agus dol gu h ifrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch':

44 Far nach bàsaich an ‡ cnuimh, agus nach d'theid an teine as.

45 Agus ma bheir do chos àdhbhar oilbheim dhuit, gearr dhiot i: is fearr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth chois, na dà chois a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an ifrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch'.

46 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'theid an teine as.

47 Agus ma bheir do shùil àdhbhar oilbheim dhuit, spion asad i: is fearr dhuit dol a steach do rioghachd Dhe air aon sùil, na dà shùil a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an teine ifrinn:

48 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'theid an teine as.

49 Oir saillthear gach aon neach le teine, agus saillthear gach aon iobairt le salann.

50 Is maith an salann: ach ma chailleas an salann a shaillteachd, ciod è leis an dean sibh deadhbhlasd' è? Biodh agaibh salann ionnuibh fein, agus bithibh siothchail r'a chéile.

CAIB. X.

2 *Ata Criosd a' deasboireachd ris na Phairisichibh mu thimchioll dealachaidh fir agus mnà pòsda:* 13 *A' beannachadh cloinn' bhig a thugadh d'a ionnsuidh:* 17 *ag innseadh do'n duine shaibhir cionnas a dh'fheudas è a' bheatha shuthain a shealbhachadh:* 23 *a' foillseachadh d'a dheisciobluibh ro-*

* thoirmisg sinn è. † leigin. ‡ péist.

ro-chunntart mòir bheartais: 28 *a' gealltain luigheachd dhoibhſin a thréigeas ni air bith air ſgàth an tſoiſgeil:* 32 *a' roimh-innſeadh a bhàis agus eiſeirigh:* 35 *a' cur ann céill do'n dà dheiſciobul àrd-inntineach gur mò bu chòir dhoibh ſmuainteachadh air fulang maille ris, na bhi 'g iarraidh aird inbhe 'na rioghachd:* 46 *agus ag aiſeag a radhairc do Bhartimeus.*

AGUS air eirigh dha as ſin, thainig è gu criochuibh ſudea tre *'n dùthaich ata* air an taobh thall do Iordan: agus thainig ſlòigh d'a ionnſuidh a-rìs; agus mar bu ghnàth leis, theagaiſg ſè iad a-rìs.

2 Agus air teachd do na Phairiſichibh d'a ionnſuidh, dh'fhioſruich iad deth, Am bheil è ceaduicht' do dhuine a bhean a chur air falbh? 'g a bhuaireadh.

3 Ach fhreagair eiſean agus a dubhairt ſè riu, Creud a dh'àithin Maois dhuibh?

4 Agus a dubhairt iadſan, Thug Maois cead duinne litir-dhealaich a ſgriobhadh, agus a cur air falbh.

5 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Air ſon cruais bhur croidhe, ſgriobh è 'n àithne ſo dhuibh.

6 Gidheadh o thòiſeach na cruitheachd, rinn Dia iad fear agus bean.

7 Air an àdhbhar ſo faguidh duine athair agus a mhàthair, agus dlù'-leanaidh ſè r'a mhnaoi-phòſda;

8 Agus bithidh ſiad araon 'n an aon fheoil: ionnas nach dias iad o ſin ſuas, ach aon fheoil.

9 Air an àdhbhar ſin an ni a chuir Dia cuideachd, na cuireadh duine o chéile.

10 Agus ann ſan tigh dh'fheòraich a dheiſciobuil deth a-rìs mu thimchioll an ni ſin ſein.

11 Agus a deir ſè riu, Ge b'è neach a chuireas air falbh a bhean fein, agus a phòſas *bean* eile, ata ſè a' deanamh adhaltranais 'na h aghaidh:

12 Agus ma chuireas bean air falbh a fear fein, agus ma bhitheas i air a pòſadh re fear eile, ata ſi a' deanamh adhaltranais.

13 Agus thug iad leinibh d'a ionnſuidh, chum 's gu 'm beanadh ſè riu; agus chronuich a dheiſciobuil a' mhuintir a thug leo iad.

14 Ach an uair a chunnairc Ioſa *ſin*, bha è ro-dhiom'ach, agus a dubhairt ſè riu, Leigibh do na leanbuibh teachd a' m' ionnſuidhs', agus na bacuibh iad: oir is ann d'an leithidibh ata rioghachd Dhe.

15 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è neach nach gabh rioghachd Dhe mar leanabh beag, nach d'theid ſè gu bràth a ſteach innte.

16 Agus ghlac ſè 'na uchd iad, agus chuir ſè a làmhan orra, agus bheannuich ſe iad.

17 Agus an uair a chuaidh ſè amach air an t ſlighe, thainig neach 'n a ruidh, agus leig ſè è fein air a ghlùinibh dha, agus dh'fheòraich è dheth, A mhaighiſdir mhaith, ciod a ni mi chum gu 'm ſuigheam a' bheatha mhairtheanach mar oighreachd?

18 Agus a dubhairt Ioſa ris, C'ar ſon a ghoireas tu miſe maith? ni bheil neach ſam bith maith, ach a h aon, *eadhon* Dia.

19 'S aithne dhuit na h àitheanta, Na dean adhaltranas, Na dean marbhadh, Na dean goid, Na toir fia'nais bhréige, Na dean mealltoireachd, Thoir onoir do t athair, agus do d' mhàthair.

20 Ach fhreagair eiſean agus a dubhairt ſè ris, A mhaighiſdir, choimhid mi iad ſo uile o m' òige.

21 Agus air amharc do Ioſa air, ghràdhaich ſè è, agus a dubhairt ſè ris, Ata aon ni dh'ui-

reafbhuidh ort: im'ich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh; agus bithidh agad ionmhas air neamh; agus thig, tog an crann-ceufaidh, agus lean mife.

22 Agus bha doilghios airfin air fon nam briathra fin agus dh'fhalbh è gu tuirfeach; oir bha mòran faibhris aige.

23 Agus air amharc do Iofa m'an cuairt, a dubhairt fè r'a dheifciobluibh, Cia doilich do 'n mhuintir fin aig am bheil mòr-fhaibhreas dol a fteach do rioghachd Dhe!

24 Agus bha mòr-ua'bhas air a dheifciobluibh air fon a bhriathra-fa. Ach fhreagair Iofa a-rìs, agus a dubhairt fè riu, A chlann, cia doilich dhoibhfin a chuireas an dòigh ann an faibhreas, dol a fteach do rioghachd Dhe!

25 Is ufa' do chàmhal dol tre chrò na fnàthaide, na do dhuine faibhir dol a fteach do rioghachd Dhe.

26 Ach bha ua'bhas orra-fan thar tomhas, ag radh eatorra fein, Co ma feadh a dh'fheudas a bhi air a fhàbhaladh?

27 Agus air do Iofa amharc orra, a dubhairt fè, Do dhaoinibh ata fo ea-comafach, ach ni *'m bhuil è* do Dhia: oir do Dhia ata na h uile nithe comafach.

28 Agus thionnfgain Peadar a radh ris, Fèuch, thréig finne na h uile nithe, agus lean finn thufa.

29 Ach fhreagair Iofa, agus a dubhairt fè, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil neach fam bith a dh'fhag tigh, no bràithre, no peathraiche, no athair, no màthair, no bean-phò'da, no clann, no fearann, air mo fhon-fa agus air fon an t foifgeil,

30 Nach fuigh a cheud uiread fan aimfir fo fein. tighe, agus bràithre, agus peathraiche, agus màthraiche, agus clann, agus fearann, maille re geur-leanmhuin; agus ann fan t faoghal a 'ta re teachd, a' bheatha mhairtheanach.

31 Ach ata mòran air tùs, a bhitheas air dheireadh; agus air dheireadh, *a bhitheas* air tùs.

32 Agus bha iad air an t flighe a' dol fuas gu Hierufalem: agus bha Iofa ag imtheachd rompa; agus ghabh ua'bhas iad, agus ag dhoibh *eifean* a leantuin, bha eagal orra. Agus thug fe an dà-fhear-dheug air leth a-rìs, agus thòfaich è air na nithe bha gu tachairt da innfeadh dhoibh,

33 *Ag radh*, Fèuch, ata finn a' dol fuas gu Hierufalem, agus bithidh Mac an duine air a thoirt thairis do na h àrd-fhagartaibh, agus do na Sgriobhuichibh: agus dìtidh iad chum bàis è, agus bheir iad thairis è do na Geintileachaibh;

34 Agus ni fiad fanoid air, agus fgiurfuidh fiad è, agus gabhuidh fiad do fhilibh air, agus cuiridh fiad gu bàs è: agus air an treas là eir'idh fè 'rìs.

35 Agus thainig d'a ionnfuidh Seumas agus Eoin, mic Shebedee, ag radh, A mhaighifdir, is àill leinn gu'n dean thu dhuinne ge b'e ni a dh'iarras finn.

36 Agus a dubhairt eifean riu, Creud is àill libh mife a dheanamh dhuibh?

37 Agus a dubhairt fiad ris, Deònuich dhuinne gu'n fuidheadhmaid a h aon air do làimh dheis, agus am fear eile air do làimh chli ann do ghlòir.

38 Ach a dubhairt Iofa riu, Cha'n aithne dhuibh ciod ata fibh ag iarruidh: am bheil fibh comafach air a' chupan * iobhadh a dh'òlas mife? agus a bhi air bhur baiftеadh leis a' bhaifdeadh leis am baiftear mife?

39 A dubhairt iadfa' ris, Ata finn

* òl.

finn comafach. Ach a dubhairt Iofa riu, Oluidh fibhfe gu deimhin an cupan a dh'òlas mife; agus baiftear fibh leis a' bhaifdeadh leis am baiftear mife:

40 Ach fuidhe air mo làimh dheis agus air mo làimh chli, cha leamfa fin r'a thabhairt, ach *bheirthear è* dhoibhfin d'an d'alluicheadh è.

41 Agus air cluinntin *fo* do'n deichnear, thòfaich iad air mòrchorruich a ghabhail re Seumas agus Eoin.

42 Ach air do Iofa an gairm d'a ionnfuidh, a dubhairt fè riu, Ata fhios agaibh gu bheil aca-fan a'ta 'nan uachdarain air na cinneachaibh, àrd-thighearnas orra; agus gu bheil aig an daoinibh mòra làn-ùghdarras orra.

43 Ach cha bhi fè mar fin 'nar measg-fa: ach ge b'e neach le 'n àill a bhi mòr 'n ar measg, bithidh fè 'n a òglaoch dhuibh:

44 Agus ge b'e neach agaibh le 'n àill toifeach a bhi aige, bithidh fè 'n a fheirbhifeach do gach uile.

45 Oir cha d' thainig eadhon Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thoirt anma fein mar éiric air fon mhòrain.

46 Agus thainig iad gu Iericho: agus air im'eachd dha-fan agus d'a dheifciobluibh, agus do fhluagh mòr, amach a Iericho, bha Bartimeus an dall, mac Thimeus, 'n a fhuidhe re taoibh an ròid, 'g iarraidh déirce.

47 Agus air cluinntin da gur b'è Iofa o Nafaret a bh' ann, thòfaich è re glaodhaich, agus a radh, Iofa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

48 Agus chronuich mòran è, chum's gu 'm biodh è 'n a thofd: ach bu ro-mhòid a ghlaodh eifean, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

49 Agus fheas Iofa, agus dh'àithin fè eifean a ghairm *d'a ionnfuidh:* agus ghairm iads' an dall, ag radh ris, Biodh mifneach agad, eirich, ata fè ga d' ghairm.

50 Agus air dha-fan * eadach a thilgeadh uaithe, dh'eirich fè, agus thainig è gu h Iofa.

51 Agus fhreagair Iofa agus a dubhairt fè ris, Creud is àill leat mife a dheanamh dhuit? A dubhairt an dall ris, A Thighearna, mi dh'fhaghail mo radhairc.

52 Agus a dubhairt Iofa ris, Im'ich; fhlànuich do chreidimh thu. Agus air ball fhuair fè a radharc, agus lean è Iofa fan t flighe.

CAIB. XI.

1 *Ata Iofa marcachd gu buadhach do Hierufalem:* 12 *a' mallachadh na craoibh air an raibh duilleach gun mheas;* 15 *a' glanadh an teampuill;* 20 *ag earalachadh a dheifciobul chum iad a bhi feafnhach fa chreidimh, agus maitheanas a thoirt d'an noimhdibh;* 27 *agus a' dearbhadh gu'n d' rinneadh a ghniomhartha o ùghdarras neamhaidh, le teifteas Eoin, duine à chuireadh o Dhia.*

AGUS an uair a thainig iad am fogus do Hierufalem, gu Bethphage, agus Betani, aig fliabh nan Oluidh', chuir fè uaithe dias d'a dheifciobluibh,

2 Agus a dubhairt fè riu, Rachaibh do'n bhaile ud thall fa'r comhair; agus air ball 'n uair a theid fibh a fteach ann, gheibh fibh fearrach ceangailt', air nach do fhuidh aon duine riamh; fuafglaibh è, agus thugaibh libh è.

3 Agus ma deir neach air bith ribh, C'ar fon ata fibh a' deanamh fo? abraibh, Gu 'm bheil feum aig an Tighearn' air; agus air ball cuiridh fè 'n fo è.

4 Agus dh'imich fiad, agus fhuair iad an fearrach ceangailt' amuigh

* a bhrat.

amuigh aig an dorus, aig coin-neacha' dà shlighe; agus dh'fhuasgail iad è.

5 Agus a dubhairt cuid diubhs', a bha 'nan seasamh ann sin, riu, C'ar son ata sibh a' fuasgladh an t searraich?

6 Agus a dubhairt iadsan riu mar a dh'àithin Iosa dhoibh: agus leig iad uatha iad.

7 Agus thug iad an searrach chum Iosa, agus chuir iad an eadach air; agus shuidh eisean air.

8 Agus sgaoil mòran an eadach fein air an t slighe: agus ghearr cuid eile geugan do na craobhaibh, agus sgaoil siad air an t slighe iad.

9 Agus ghlaodh iadsan a bha 'g im'eachd roimhe, agus iadsan a bha 'ga leantuin, ag radh, Hosanna, is beannuicht an ti 'ta teachd ann ainm an Tighearna.

10 Is beannuichte rioghachd ar n Athar Daibhidh, a 'ta teachd ann ainm an Tighearna; Hosanna ann sna hàrdaibh.

11 Agus chuaidh Iosa a steach do Hierusalem, agus do'n teampull; agus an uair a dh'amhairc sè air gach ni m'an cuairt, agus a bha 'm seasgar a nois' air teachd, chuaidh sè 'mach gu Betani maille ris an dà-shear-dheug.

12 Agus air an là màrach, 'n uair a chuaidh iad amach a Betani, dh'fhàs è ocrach.

13 Agus air faicsin craoibh fhìge sada uaithe, air an raibh duilleach, thainig sè dh'fhèuchain am faigheadh è ni sam bith urre: agus air dha teachd d'a h ionnsuidh, cha d'fhuair è ni sam bith ach duilleach; oir cha raibh àm *tionail* nam sìgis * *fòs* ann.

14 Agus fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ria, Nior itheadh neach sam bith toradh dhiotsa o so suas a choidhch'. Agus chual a dheiscibuil *è*.

15 Agus thainig iad gu Hierusalem: agus air dol a steach do'n teampull a dh' Iosa, thòsaich sè air an dream a bha reic' agus a' ceannach' san teampull a chur amach, agus thilg sè thairis bùird luchd malairt an airgid, agus caithriche na muintir a bha reiceadh cholman:

16 Agus cha'n fhuil'geadh è gu'n iomchaireadh neach sam bith soitheach tre an teampull.

17 Agus theagaisg è, ag radh riu, Nach 'eil è sgriobhta, Goirthear tigh ùrnuigh do m' thighse leis na h uile chinneachaibh? Ach rinn sibhse slochd mheirleach dheth.

18 Agus chuala na sgriobhuichean agus na h àrd-shagairt so, agus dh'iarr iad cionnas a dh'fheudadh iad eisean a mhilleadh: oir bha eagal-san orra, do bhri' gu'n raibh an sluagh uile fa iongantas mòr i'a theagasg.

19 Agus an uair a bha 'm feascar air teachd, chuaidh è 'mach as a' † chaithir.

20 Agus air mhaidin, ag gabhail seachad dhoibh, chunnairc iad an crann sìge air crìonadh o fhreamhaibh.

21 Agus air cuimhneachadh do Pheadar, a dubhairt sè ris, A mhaighistir, feuch, ata chraobh fhìge, a mhalluich thu, air crìonadh

22 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt sè riu, Biodh creidimh Dhe agaibh.

23 Oir gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è neach a deir ris a' bheinn so, Togbhar thu, agus tilgear san fhairge thu, agus nach bi sa amharus 'na chroidh', ach a chreideas gu'n tachair na nithe a deir sè, thig gach ni a their sè gu crìch dha.

24 Air an àdhbhar sin a deirim ribh, Ge b'è nithe air bith a dh'iarras

* sathast.

† bhaile.

ras ſibh ann an ùrnuigh, creidibh gu'm fuigh ſibh *iad*, agus gheibh ſibh *iad*.

25 Agus an uair a ſheaſmhas ſibh a' deanamh ùrnuigh, maithibh, ma 'ta ni air bith agaibh ann aghaidh aon duine: chum's gu maith bhur 'n Athair a 'ta air neamh bhur peacaidh fein duibhſe.

26 Ach mur maith ſibh, ni mò a mhaitheas bhur n Athair ata air neamh bhur peacaidh fein duibhſe.

27 Agus thainig iad a-rìs gu Hieruſalem: agus air bhi dha-ſan a' * ſràideis ann ſan teampull, thainig d'a ionnſuidh na h àrd-ſhagairtean agus na ſgriobhuichean, agus na ſeanoiridh,

28 Agus a deir ſiad rìs, Creud è an t ùghdarras leis an dean thu na nithe ſo? Agus co thug dhuits' an t ùgdarras ſo chum na nithe-ſe dheanamh?

29 Agus f hreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Cuiridh miſe mar an ceudna aon ni mar cheiſt oirbhs', agus freagraibh mi, agus innſidh miſe dhuibhſe creud è an t ùghdarras tre 'n deanam na nithe-ſe.

30 An ann o neamh, no o dhaoinibh a thainig baiſdeadh Eoin? freagraibh mi.

31 Agus bha iad a' reaſunachadh eatorra fein, ag radh, Ma deir ſinn, O neamh, a deir eiſean ruinn, C'ar ſon ma ſeadh nach do chreid ſibh e?

32 Ach ma deir ſinn, O dhaoinibh, bha eagal a' phobuill orra: oir b'è meas gach uile air Eoin gu 'm b'f hàidh è gu fìrinneach.

33 Agus air freagairt dhoibh, a deir ſiad re h Ioſa, Ni bheil f hios aguinn Agus f hreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Ni mò a dh'innſeas miſe dhuibhſe creud è an t ùgdarras tre 'n deanam na nithe-ſe.

CAIB. XII.

1 *Ann am parabal a' ghrai'-f hìona a ſhuidhichcadh air tuath mhi-thaingeil, ata Crioſd ag innſeadh ro'-lèinh diultadh nan Iudhach, agus gairm nàn Geintileach:* 13 *'Ta è ſeachnadh an rìb' a chuir na Phairiſich, agus na Herodianaich roimhe, mu thimchioll* † *dìoladh cìſe do Cheaſar:* 18 *a' nochdadh mearachd nan Sadduiſeach mu thimchioll eiſeirigh nam marbh:* 28 *a' freagairt an Sgriobhuich', a chuir ceiſt air mu thimchioll na ceud àithne:* 35 *a' cur nam Phairiſeach gu imcheiſt a thaobh am bar'ail mu Chrioſd:* 38 *Ag iarraidh air an t ſluagh bhi air am faicill ann aghaidh an uabhair, agus an ceilg:* 41 *agus a' moladh na bain-treabhaich bhochd, a chuir a dà bhonn bheaga ann an ionmhas an teampuill.*

AGUS thòſaich è air labhairt riu ann an coſamhlachdaibh. Shuidhich duine *àraidh* f hìon-lios, agus chuir è gàradh m' an cuairt air, agus chladhaich ſè ionad bruthaidh *nam fìon-dhearcan*, agus thog ſè tùr, agus ſhuidhich ſè air tuath è, agus ghabh è thurus as a dhùthaich.

2 Agus ſan àm dhligheach chuir ſè ſeirbhiſeach chum na tuatha, chum's gu'm fuigheadh ſè do thoradh an f hìon-lios o 'n tuath.

3 Ach air dhoibhs' eiſean a ghlacadh, bhuail iad è, agus chuir iad uatha folamh è.

4 Agus a-rìs chuir ſè ſeirbhiſeach eile d' an ionnſuidh; agus ghabh iad air-ſe do chlochaibh, agus reub iad a cheann, agus chuir iad uatha è le h eas-oṅoir.

5 Agus a-rìs chuir ſè neach eile *d' an ionnſuidh*; agus eiſean mharbh iad: agus mòran eile, a' bualadh cuid diubh, agus a' marbhadh cuid eile.

6 Air bhi aige air an àdhbhar ſin aon mhac òs, a b' ionmhuinn leis, chuir ſè eiſean mar an ceudna fa dheoidh d' an ionnſuidh, ag radh, Dheir ſiad uiram do m' mhac.

7 Ach

* ſpaiſdeireachd.

† iocadh cìſe.

7 Ach a dubhairt an tuath fin 'n am measg fein, 'S è so an t oighre; thigibh, marbhamaid è, agus bithidh an oighreachd aguinn fein.

8 Agus air breith air, mharbh iad è, agus thilg iad amach as an fhìonlios è.

9 Ciod è uime fin a ni Tighearna an fhìon-lios? Thig è agus sgriosuidh è 'n tuath ud, agus bheir è 'm fìon-lios do dhaoinibh eile.

10 Nach do leugh sibh an sgriobtuir so? A' chloch a dhiult na clochairean, rinneadh ceann na h oisinn dith.

11 Rinneadh so leis an Tighearna, agus is iongantach è ann ar suilibhne.

12 Agus dh'iarr iad breith air, ach bha eagal a' phobuill orra; oir thuig iad gur b'ann 'n an aghaidh fein a labhair è an cosamhlachd ud: agus air fhàgail doibh, dh'imich iad rompa.

13 Agus chuir iad d'a ionnsuidh dream àraidh do na Phairisichibh, agus do luchd leanmhuin Ioraith, chum's gu'n glacadh siad è 'na chainnt.

14 Agus air dhoibhsin teachd, a dubhairt iad ris, A mhaighistir, ata fhios aguinn gu bheil thusa firinneach, agus nach 'eil suim agad do neach air bith: oir ni bheil tu ag amharc air gnùis dhaoine, ach a' teagasg slighe Dhe ann am firinn: Am bheil è ceaduicht' cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil? an tabhair, no nach tabhair sinn i?

15 Ach air dha-san an cealg a thuigsin, a dubhairt se riu, C'ar son ata sibh ga m' bhuaireadh? thugaibh peghinn a' m' ionnsuidh, chum's gu'm faiceam i.

16 Agus thug iad *d'a ionnsuidh* i, agus a deir se riu, Co d'an iomhaidh so, agus *co d'am buin* an sgriobha' so? Agus a dubhairt iadsa', Do Cheasar.

17 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt se riu, Thugaibh do Cheasar na nithe 's le Ceasar, agus do Dhia na nithe 's le Dia. Agus ghabh iad iongantas ris.

18 Ann sin thainig na Sadducaich d'a ionnsuidh, a deir nach 'eil eiseirigh ann; agus dh'fheòruich siad deth, ag radh,

19 A mhaighistir, sgriobh Maois dhuinne, Nam fuigheadh bràthair duine air bith bàs, agus gu 'm fàgadh è bean, agus nach fàgadh è clann, gu'n gabhadh a bhràthair a bhean *d'a ionnsuidh*, agus gu 'n togadh è sliochd d'a bhràthair.

20 'Noise bha seachdnar bhràithre ann: agus ghabh an ceud fhear aca bean, agus air dha bàs fhaghail, cha d' fhàg è sliochd.

21 Agus ghabh an dara fear ac' i, agus fhuair eisean bàs, agus ni mò a dh'fhàg è sliochd: agus an treas fear mar an ceudna.

22 Agus ghabh an t seachdnar i, agus cha d'fhàg iad sliochd: fa dheireadh uile, chaochail a' bhean mar an ceudna.

23 Ann san eiseirigh uime sin, an uair a dh' eir'eas iad, co ac' d'am bean i? Oir bha i aig an t seachdnar 'na mnaoi.

24 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt se riu, Nach 'eil sibh uime sin ann am mearachd, do bhri' nach 'eil eòlas agaibh air na sgriobtuiribh, no air cumhachd Dhe?

25 Oir an uair a dh' eir'eas iad o na marbhaibh, ni 'm pòs siad, ni mò a bheirear am pòsadh iad: ach ata siad mar na h aingil *a 'ta* air neamh.

26 Ach mu thimchioll nam marbh, gu'n eirich iad, nach do leugh sibh ann an leabhar Mhaois, cionnas a labhair Dia ris ann sa phreas, ag radh, 'S mise Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacob?

27 Cha 'n è Dia nam marbh è, ach Dia nam beo: tha sibhs' uime sin ann am mearachd mòr.

28 Agus thainig neach do na Sgriobhuichibh, agus 'n uair a chuala

la fè iadfau a' deafboireachd r'a chéile, agus a thuig fè gu'n do fhreagair è gu maith iad, chuir è ceift air, C'i a' cheud àithne do na h *àitheantaibh* uile?

29 Agus fhreagair Iofa è, 'Si fo a' cheud àithne do na h àitheantaibh uile, Eifd, O Ifrael, an Tighearna ar Dia-ne, is aon Tighearna è;

30 Agus gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chroidhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile inntin, agus le d'uile neart: 's i fo a'cheud àithne.

31 Agus is cofmhuil an dara *àithne ria* fo, Gràdhaichidh tu do choimhearfnach mar thu fein: Ni bheil àithne eile ann a's mò na iad fo.

32 Agus a dubhairt an Sgriobhuich' ris, Is maith, gu fìrinneach, a Mhaighifdir, a dubhairt thu: oir ata aon Dia ann, agus ni bheil atharrach ann ach è fein.

33 Agus eifean a ghràdhachadh leis an uile chroidhe, agus leis an uile thuigfe, agus leis an uile anam, agus leis an uile neart, agus neach a ghràdhachadh a choimhearfnaich mar è fein, is mò fin na na h uile làn-ìobairte loifgte, agus ofraile.

34 Agus air faicfin do Iofa gu'n do fhreagair è gu tuigfeach, a dubhairt fè ris, Ni bheil thu fada o rioghachd Dhe. Agus cha raibh a mhifnich aig neach air bith o fin fuas ceift a chur air.

35 Agus fhreagair Iofa agus a dubhairt fè, a' teagafg ann fan teampull, Cionnas a deir na Sgriobhuichean gur è Crioft Mac Dhaibhidh?

36 Oir a dubhairt Daibhidh fein tre 'n Spiorad naomh', A dubhairt an Tighearna re m' Thighearna-fa, Suidh air mo laimh dheis, gus an cuiream do naimhde 'nan ftòl fa d' chofaibh.

37 Air an àdhbhar fin ata Daibhidh fein a' gairm a Thighearna dheth; cionnas ma feadh is è mhac è? Agus dh'eifd am mòr fhluagh ris gu taitneach.

38 Agus a dubhairt fè riu ann a theagafg, Bithibh air bhur faicill o na Sgriobhuichibh, leis an ionmhuinn im'eachd ann an culaidhibh fada, agus failtidh *fhaghail* ann fna margaibh,

39 Agus na ceud chaithriche ann fna fionagogaibh, agus na ceud àiteacha-fuidhe aig na féifdibh:

40 A dh'itheas fuas tighean bhain-treabhach, agus air fgàth * fgèimh' a ni ùrnuighean fada: gheibh iad fin an damnadh a's mò.

41 Agus air do Iofa fuidhe fa chomhair àite-coimheid an ionmhais, thug è fainear cionnas a bha 'm pobull a' cur an airgid ann fan ionmhas: agus chuir mòran do dhaoinibh faibhre mòran ann.

42 Agus air teachd do bhaintreabhaich bhochd, thilg i dà † phìos bheaga ann, a ni feoirlin.

43 Agus air dha a dheifciobuil a ghairm d'a ionnfuidh, a deir fè riu, Gu deimhin a deirim ribh, gu'n do chuir a bhain-treabhach bhochd fo tuilleadh fan ionmhas, na iadfan uile a thilg ann.

44 Oir' thilg iadfan uile ann d'am mòr-phailteas; ach thilg ife as a gainne na bha aic' uile, eadhon a beathacha' gu h iomlan.

CAIB. XIII.

1 *Ata Crioft ag innfeadh ro'-laimh fgrios an teampuill:* 9 *Géir-leanmhuin air fon an t foifgeil,* 10 *agus gur eigin an foifgeul a bhi air a fhearmonachadh do gach uile chinneach:* 14 *Gu'n d'thig amhghara mòra air na h ludhachaibh:* 24 *Dòigh a theachd-fan chum breitheanais:* 32 *Agus do bhri' nach aithne do neach air bith*

* deadh-chos'lais. † bhonn.

bith an uair, gur còir do gach uile dhuine faire agus ùrnuigh a dheanamh, chum's nach fuighear neimh-dheis finn, an t ann a thig è dh' ionnfuidh gach neach aguinn fa leth leis a' bhàs.

AGUS air dha dol amach as an teampull, a dubhairt neach d'a dheiscìobluibh ris, A Mhaighistir, feuch creud è an feòrta chlach so, agus creud an feòrta aitreabh so.

2 Agus fhreagair Iosa agus a dubhairt fè ris, Am faic thu 'n aitreabh mhòr so? ni 'm fagar cloch air muin cloiche, nach fgarthar o chèile.

3 Agus air fuidhe dha air fliabh nan Oluidh', fa chomhair an teampull, dh'fheòruich Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus Aindreas os iosal deth,

4 Innis duinne c'uin a bhitheas na nithe fin, agus creud è 'n comharth' an uair a bhitheas na nithe fin gu léir air an coi'-lionadh.

5 Agus air do Iosa freagairt, thòsaich è air a radh riu, Thugaibh an aire nach meall aon neach fibh.

6 Oir thig mòran ann am ainmfe, ag radh, 'S mise è: agus meallaidh fiad mòran.

7 Agus 'n uair a chluinneas fibh cogaidh, agus* tuaraifgeil cogaidh, na biodh triobloid oirbh: oir is éigin *iad fo* a theachd; ach ni h è an deireadh *at'ann* fòs.

8 Oir eir'idh cinneach ann aghaidh cinnich, agus rioghachd ann aghaidh rioghachd: agus bithidh critheanna talmhain ann an *iomadh* àite, agus bithidh gorta agus triobloidean ann: 's iad fin toifeach amhghara.

9 Ach thugaibh an aire dhuibh fein: oir bheir iad thairis fibh do chomhairlibh; agus ann fna fionagogaibh fgiurfar fibh, agus cuirthear fibh ann làthair Uachdarana agus righridh air mo fhonfa, mar fhia'nais 'n an aghaidhfin.

* iomraidhean.

10 Agus is eigin air tùs an foifgeul a bhi air a fhearmonachadh do na h uile chinneachaibh.

11 Ach an uair a bheir iad leo fibh, 'gar tabhairt thairis, na biodh è na ro-chàs oirbh creud è a labhras fibh, agus na fmuainichibh ro' làimh *air:* ach ge b'è ni a bheirthear dhuibh fa cheart uair fin fein, abraibh è: oir cha fibhfe 'ta labhairt, ach an Spiorad naomh'.

12 Agus bheir am bràthair a bhràthair thairis chum bàis, agus an t athair a mhac: agus eir'idh a' chlann fuas ann aghaidh *am* pàranta, agus bheir iad fainear an cur gu bàs.

13 Agus bithidh fibh air bhur fuathachadh leis na h uile dhaoinibh air fgàth m' ainmfe: ach an ti a bhuanaicheas chum na crìche, 's è fo a fhabhalar.

14 Ach an uair a chi fibh gràinealachd an léir-fgrios, air an do labhair Daniel am faidh, 'na feafamh ann fan ionad nach bu chòir dh'i, (tuigeadh an ti a leughas) ann fin teicheadh iads', ata ann *tìr* Judea, chum nam beann:

15 Agus na d'thigeadh eifean a 'ta air mullach an tighe, anuas do 'n tigh, agus na rachadh è fteach, a thoirt ni air bith as a thigh.

16 Agus an ti 'ta fa mhachthir, na pilleadh è air ais, a thog'ail eaduich leis.

17 Ach mo thruaigh na mnài fin ata torrach, agus iadfan ata tuirt cìche fna laithibh fin.

18 Agus guidhibhfe gun bhur teicheadh a bhi fa gheamhra'.

19 Oir bithidh amhghar ann fna laithibh fin, amhuil nach raibh a leithid ann o thoifeach na cruitheachd a chruthaich Dia, gus anois', agus nach mò a bhitheas.

20 Agus mur giorraicheadh an Tighearna na làith' ud, cha rachadh

feoil

feoil air bith as: ach air ſon an t ſluaigh thaghta, a thagh è fein, ghiorraich è na làith' ud.

21 Agus ann ſin ma deir neach air bith ribh, Fèuch, ata Crioſd ann ſo, no fèuch, *ata* è 'n ſin: na creidibh *è*.

22 Oir eir'idh Crioſdanna bréige, agus faidhean bréige, agus ni ſiad comharthaidh, agus miorbhuile, chum, nam bu chomaſach *è*, na daoine taghta fein a mhealladh.

23 Ach thugaibhs' an aire: fèuch, dh'innis mi dhuibh gach uile nithe ro'-làimh.

24 Ach ann ſna laithibh ſin, 'n diaigh na triobloid ud, bithidh a' ghrian air a dorchachadh, agus cha toir a' ghealach a ſolus *uaipe*:

25 Agus tuitidh reulta nèimhe, agus bithidh na cumhachda 'ta ſna neamhaibh air an crathadh.

26 Agus ann ſin chi ſiad Mac an duine a' teachd ann ſna nèulaibh, maille re mòr-chumhachd, agus glòir.

27 Agus ann ſin cuiridh ſè aingeil amach, agus cruinnichidh ſè r'a chéile a dhaoine taghta fein o na ceithir gaothaibh, o leith-iomall na talmhain gu leith-iomall nèimhe.

28 'Noiſe fòghlomaibh coſamhlachd o 'n chraoibh fhìge: an uair a bhitheas a geug a nòiſe maoth, agus a chuireas i 'mach a duille, ata fhios agaibh gu bheil an ſamhra' 'm fogus:

29 Agus mar an ceudna ſibhſe, 'n uair a chi ſibh na nithe-ſe tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil è 'm fogus, *eadhon* aig na dorſaibh.

30 Gu deimhin a deirim ribh, nach d'theid an * linn ſo thairis, gus an coi'-lionar na nithe-ſe uile.

31 Theid neamh agus talamh thart': ach cha d' theid m' fhocailſe thart' a choidhch'.

32 Ach ni bheil fios an là no na h uaire ſin aig neach air bith, ni bheil aig na h ainglibh a 'ta air neamh, no aig a' Mhac, ach aig an Athair.

33 Thugaibh fainear, deanaibh faire agus ùrnuigh: oir ni 'm bheil fhios agaibh c'uin a thig an t àm ſin.

34 *Oir ata Mac an duine* mar dhùine a chuaidh air thurus, agus a dh'fhàg a thigh fein, agus a thug d'a ſheirbhiſeachaibh cumhachd, agus obair fein do gach neach, agus a thug àithne do 'n dorſoir faire a dheanamh.

35 Uime ſin deanaibhſe faire, (oir ni 'm bheil fhios agaibh c'uin a thig maighiſdir an tighe; 'n ann air ſeaſcar, no air mheadhon-oi'che, no aig gairm-choileach, no ann ſa mhaidin)

36 'N t eagal air teachd dha gu h obann, gu 'm fuigh è ſibh 'n ar codal.

37 Agus na nithe a deirim ribhſe, a deirim *iad* ris gach uile dhaoinibh, Deanaibh faire.

CAIB. XIV.

1 *Comhairle ann aghaidh Chrioſd:* 3 *Dhòirteadh ola prìſeil air a cheann.* 10 *Reic Iudas a mhaighiſdir air ſon airgid.* 12 *Tha Crioſd fein ag innſeadh ro'-làimh cionnas a bha è gu bi air a bhrath' le haon d'a dheiſciobluibh.* 22 *Ann diaigh a'chàiſg a bhi air a deaſachadh, agus air a h itheadh, dh' orduich ſè a Shuipeir;* 26 *ata è 'g innſeadh ro'-làimh gu 'n tréigeadh a dheiſciobuil è, agus gu'n àichſheunadh Peadar è.* 43 *Tha Iudas a' feilleachadh air le pòig:* 46 *Ata ſè air a ghlacadh ann ſa ghàradh,* 55 *air eileachadh gu breugach, agus air a dhìteadh gu mi-dhiadhaidh le comhairle nan Iudhach;* 65 *Bhuineadh ris gu ſpèdeil leo:* 66 *aguſ dh'àichſheunadh è tri uaire le Peadar; neach, air dha aire a thoirt d'a*

L † *chionta,*

* ginealach.

chionta, a ghuil gu goirt air a shon

AGUS bha a' chàisg, agus féisd an arain gun làbhuin ann diaigh dà làeth': agus dh'iarr na h àrd-shagairt agus na sgriobhuichean, cionnas a ghlacadh iad eisean le feill, agus a chuireadh iad gu bàs è.

2 Ach a dubhairt iad, Ni h ann air an fhéisd, 'n t eagal gu'n eirich buaireas a' measg a' phobuill.

3 Agus air bhi dha ann am Beiani, ann an tigh Shimoin an lobhair, 'n uair a bha è 'na shuidhe air bòrd, thainig bean, aig an raibh bocsa alabastair do ola spicnaird, ro-phrìseil; agus bhris i 'm bocsa, agus dhòirt i air a cheann è.

4 Agus bha cuid aca diom'ach 'n am measg fein, agus ag radh, C'ar son a rinneadh an t anacaithe-se air an ola?

5 Oir dh' fheudadh è bhi air a reic' air son tuille' 's tri cheud peghinn, agus air a thoirt do na bochdaibh. Agus rinn iad monmhor 'n a h aghaidh.

6 Ach a dubhairt Iosa, Leigibh è; c'ar son ata sibh cur dragha uirre? rinn si obair mhaith ormsa.

7 Oir ata na bochdan a ghnàth 'nar fochair, agus ge b'è uair is àill libh, feudaidh sibh maith a dheanamh dhoibh: ach ni bheil mise a ghnàth agaibh.

8 Rinn si na dh'fheudadh i: thainig i ro'-làimh a dh'ungadh mo chuirp chum adhlaic.'

9 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è ball air bith air feadh an domhain uile am bi an soisgeul so air a shearmonachadh, bithidh mar an ceudna an ni *so* a rinn si air innseadh, mar chuimhne uirre.

10 Agus dh' imich Iudas Iscariot, aon do 'n dà-fhear-dheug, chum nan àrd-shagart, gu eisean a bhrath' dhoibh.

11 Agus air dhoibhsin *so* a chluinntin, bha iad aoibhneach, agus gheall iad airgiod a thoirt da. Agus dh' iarr è cionnas a dh' fheudadh è gu h iomchu'idh eisean a bhrath'.

12 Agus air a' cheud là do fhéisd an arain gun làbhuin, 'n uair bu ghnàth leo an t uan càisg' a mharbhadh, a deir a dheisciobuil ris, C'ait' an toil leat sinne dhol a dh' ull'uchadh, chum's gu'n itheadh tu chàisg?

13 Agus chuir sè dias d'a dheisciobluibh, agus a deir sè riu, Rachaibh a steach do'n * bhaile, agus coinnichidh duine sibh a' giulan soithich uisge: leanaibh è.

14 Agus ge b'è àit' an d' theid è stigh, abraibhsè re fear-an-tighe, A deir am maighistir, C'àit' am bheil an seomar aoidheachd, ann s an ith mi a' chàisg maille re m' dheisciobluibh?

15 Agus nochdaidh sè dhuibh seomar àrda, fairsing, 'na lànuidheam agus deasuichte: ann sin ull'uichibh dhuinn.

16 Agus chuaidh a dheisciobuil amach, agus thainig iad do'n bhaile, agus fhuair iad mar a dubhairt sè riu: agus dh'ull'uich iad a' chàisg.

17 Agus air teachd do 'n fheascar, thainig è maille ris an dà-fhear-dheug.

18 Agus an uair a bha iad 'n an suidhe, agus ag itheadh, a dubhairt Iosa, Gu deimhin a deirim ribh, gu 'm brath a h aon agaibhse, 'ta 'g itheadh maille rium, mise.

19 Agus thòsaich iad air bhi dubhach, agus a radh ris 'n diaigh a chéile, Am mise è? Agus *a dubhairt* fear eile, Am mis' è.

20 Agus air freagairt dha-san a dubhairt sè riu, *Is* fear do 'n dà-fhear-dheug è, ata tumadh maraon riumsa sa mheis.

21 Ata Mac an duine gu deimhin ag im'eachd, mar ata è sgriobht' uime, ach is an-aoibhinn do'n fhear ud

* chaithir.

ud le 'm brathar Mac an duine: bu mhaith do'n duine sin mur beirte riamh è.

22 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Iosa aran, agus taireis a bheannachadh, bhris sè, agus thug è dhoibhsin è, agus a dubhairt sè, Glacaibh, ithibh: 's è so mo chorpsa.

23 Agus air glacadh a' chupain, agus air breith buidheachais, thug è dhoibhs' è: agus dh'òl iad uile as.

24 Agus a dubhairt sè riu, 'S i so m' fhuil-se na Tiomna'-nuaidh, a dhòirtear air son mhòrain.

25 Gu deimhin a deirim ribh, Nach òl mise as so suas do thoradh na fìneamhuin, gus an là sin an òl mi nuadh è ann an rioghachd Dhe.

26 Agus air * cantuin laoidh' dhoibh, chuaidh iad amach gu sliabh nan Oluidh'.

27 Agus a deir Iosa riu, Gheibh sibhs' uile oilbheum ionnamsa nochd: oir ata è sgriobhta, Buailidh mi am buachaill', agus scapfar na caoraich.

28 Ach taireis dhamh eirigh, theid mi romhaibh do 'n Ghalilee.

29 Ach a dubhairt Peadar ris, Ge do gheibh gach neach oilbheum annad, gidheadh ni *'m fuigheams' è*.

30 Agus a deir Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, an diu, ann san oidhche nochd fein, mu 'n goir an coileach dà uair, àichsheunaidh tu mise tri uaire.

31 Ach is ro-mhòid a dubhairt eisean, Ge do 's eigin damh am bàs fhulang maille riut, cha'n àichsheun mi choidhch' thu. Agus mar sin a dubhairt càch uile mar an ceudna.

32 Agus thainig iad gu ionad d' am b' ainm Getsemane; agus a dubhairt sè r'a dheisciobluibh, Suidhibhs' 'n so, gus an dean mise urnuigh.

33 Agus thug sè leis Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus thòisaich è air a bhi crith-eaglach, agus fuidh anabarra bròin,

34 Agus a deir sè riu, 'Sa m' anam ro-bhrònach *eadhon* gu bàs: fanaibhs' ann so, agus deanaibh faire.

35 Agus air dol beagan air aghaidh dha, thuit sè air an talamh, agus rinn sè urnuigh, nam bu chomasach è, gu'n rachadh an uair thairis air.

36 Agus a dubhairt sè, Abba, Athair, ata gach ni soi-dheanta dhuitse, cuir an cupan so seachad orm: gidheadh, nior b'è an ni a's toil leamsa, ach an ni a's toil leatsa.

37 Agus thainig sè, agus fhuair sè iadsa' 'n an codal, agus a deir sè re Peadar, A Shimoin, an bheil thu a' d' chodal? nach b' urradh thu faire a dheanamh aon uair?

38 Deanaibh faire agus urnuigh, chum nach tuit sibh am buaireadh: *ata* 'n spiorad gu deimhin togarrach, ach *ata* 'n fheoil † anmhunn.

39 Agus air dha im'eachd a-ris, rinn sè urnuigh, ag radh nam briathra ceudna

40 Agus air pilltin dha, fhuair sè iad a-ris 'n an codal, (oir bha 'n sùilean trom) agus ni 'n raibh fhios aca cionnas a bheireadh iad freagradh air

41 Agus thainig sè 'n treas uair, agus a deir sè riu, Coidlibh romhaibh a nois', agus gabhaibh fois: Is leòr è, thainig an uair; seuch, ata Mac an duin' air a bhrath' thairis do lamhaibh nam peacach.

42 Eir'ibh, im'icheamaid; seuch, ata 'n ti á bhraitheas mise am fogus.

43 Agus air ball, air dha-sa bhi fòs a' labhairt, thainig Iudas, aon do'n da-fhear-dheug, agus sluagh mòr maille ris le cloidhibh agus bataibh, o na h àrd-shagartaibh, agus na sgriobhuichibh, agus na seanoiribh.

44 Agus bha 'n ti a bhraith cisean air toirt comharthaidh dhoibh, ag ràdh, Ge b'è neach d' an toir mise pòg, 's è sin è; glacaibh è, agus thugaibh libh *è* gu tearuinte.

45 Agus

* seinn.

† lag.

45 Agus air teachd dha, chuaidh fè air ball d'a ionnſuidhs', agus a deir fè, A mhaighiſdir; agus phòg fè è.

46 Agus chuir iadſa' làmh ann, agus ghlac iad è.

47 Agus air tarruing cloidheamh a dh'fhear do na bha làthair, bhuail è òglaoch an àrd-ſhagairt, agus ghearr è chluas deth.

48 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt fè riu, An d'thainig ſibh amach gu m' ghlacadh-ſa, mar gu b' ann ann aghaidh gaduiche, le cloidhibh agus *le* bataibh?

49 Bha *mi* gach là maille ribh ſan teampull, a' teagaſg, agus cha do ghlac ſibh mi: ach *ata ſo* chum gu 'm biodh na ſgriobtuire air an coi'-lionadh.

50 Agus air do gach uile a thréigſin, theich iad.

51 Agus lean òganach àraidh è, aig an raibh lion-eadach air a chur m'a chorp lomnochd; agus rug na h òganaich air.

52 Ach air dha-ſan an lion-eadach fhàgail, theich è lomnochd uatha.

53 Agus thug iad leo Ioſa chum an ard-ſhagairt: agus chruinnicheadh maraon ris na h àrd-ſhagairt uile, agus na ſeanoiridh, agus na ſgriobhuichean.

54 Agus lean Peadar è fada uatha, no gu'n deach' è ſteach do thalla an àrd-ſhagairt: agus bha è 'n a ſhuidhe maille ris na ſeirbhiſeachaibh, agus 'g a gharadh ris an teine.

55 Agus dh'iarr na h àrd-ſhagairt, agus a' chomhairle uile fia'nais ann aghaidh Ioſa, chum a chur gu bàs; agus cha d'fhuair iad.

56 Oir rinn mòran dhaoine fia'nais bhréige 'na aghaidh, ach cha do chòird am fia'nais r'a chéile.

57 Agus air do dhream àraidh eirigh, thug iad fia'nais bhréige 'n a aghaidh, ag radh,

58 Chuala ſinne è 'g radh, Leagaidh mi ſios an teampull ſo, a rinneadh le làmhaibh, agus ann tri laithibh togaidh mi teampull eile, gun bhi deanta le làmhaibh.

59 Agus mar ſin fein cha raibh am fia'nais a' teachd r'a chéile.

60 Agus air eirigh ſuas do 'n àrd-ſhagart ſa mheadhon, chuir fè ceiſd air Ioſa, ag radh, Nach toir thu freagradh air bith uait? Ciod ſin mu bheil iad ſo a' toirt fia'nais a' d' aghaidh?

61 Ach dh'fhan eiſean 'na thoſd, agus cha do fhreagair è ni ſam bith. A-rìs dh'fheòraich an t àrd-ſhagart deth, agus a dubhairt fè ris, An tu Crioſd, Mac an *De* bheannuichte?

62 Agus a dubhairt Ioſa, Is mi: agus chi ſibh Mac an duine 'na ſhuidhe air deas làimh cumhachd *Dhe*, agus a' teachd le nèulaibh nèimhe.

63 Ann ſin reub an t àrd-ſhagart eadach, agus a deir fè, Ciod am feum ata againn tuilleadh air fia'-naiſibh?

64 Chuala ſibh a' bhlaiſphem': ciod i bhur bar'ails'? Agus thug iad uile breith 'na aghaidh gu'n do thoill è 'm bàs.

65 Agus thòſaich cuid aca air gabhail do ſhilibh air, agus aghaidh fholach, agus a bhualadh le 'n dòrnaibh, agus a radh ris, Dean fàidheadoireachd: agus ghabh na ſeirbhiſich le 'm baſaibh air.

66 Agus air do Pheadar a bhi ſhios ann ſan talla, thainig a h aon do bhan-oglachaibh an àrd-ſhagairt:

67 Agus air faicſin Pheadair 'g a gharadh, agus air dh'i beachdachadh air, a deir ſi *ris*, Bha thuſa cuideachd maille re h Ioſa o Naſaret.

68 Ach dh'àichſheun eiſean, ag radh, Ni h aithne dhamh, agus ni 'n tuigeam creud a deir tu. Agus

chuaidh

chuaidh eifean amach do'n phòrfa; agus ghoir an coileach.

69 Agus air do bhan-oglaich fhaicfin a-rìs, thòfaich i air a radh riu-fan a bha 'nan feafamh a làthair, 'S ann diubh ata 'm fear fo.

70 Agus dh'aichfheun è 'rìs. Agus ann ceann beagain 'na dhiaigh fin, a dubhairt iads' a bha 'n an feafamh a làthair a-rìs re Peadar, Gu fìrinneach 'sann diubh fùd thu: oir is Galileanach thu, agus is cofmhuil do chainnt *riu.*

71 Ach thòfaich eifean air mallachadh agus mionnachadh, *ag radh,* Cha 'n aithne dhamh an duine fo mu 'm bheil fibh a' labhairt.

72 Agus ghoir an coileach an dara h uair. Agus chuimhnich Peadar am focal a dubhairt Iofa ris, Mu 'n goir an coileach dà uair, àichfheunaidh tu mi tri uaire. Agus * 'n uair a fmuaintich è air, ghuil fè gu goirt.

CAIB. XV.

1 *Ata Iofa air a thabhairt ceangailte, agus air eileachadh ann làthair Phiolait.* 15 *Air fon glaodhaich an t fluaigh 'ta mortfhear, eadhon Barabbas, air a leig' as, agus Iofa air a thoirt thairis gu bhi air a cheufadh:* 17 *Tha coroin fgithich air a chur air,* 19 *chuaidh gabhail do fhulibh air,* 20 *agus fanoid a dheanamh air.* 21 *Tha è fannachadh le giulan a' chroinn-cheufaidh;* 27 *air a chrochadh eidir dà ghaduiche;* 29 *agus a' fulang ana-cainnt thàireil nan Iudhach.* 34 *Ata è glaodhaich le guth àrd air a' chrann-cheufaidh, agus fion-geur air a thoirt da; thà è tabhairt fuas an deo, agus brat-roinn an teampuill air a reubadh.* 39 *An Senturion ag aid'eachadh gur h è Mac Dhe*; 43 *agus è air adhlacadh gu h onorach le Iofeph.*

AGUS air ball fa mhaidin chum na h àrd-fhagairt maille ris na feanoiribh, agus na fgriobhuichibh, agus a' chomhairle gu h iomlan, comhairle, agus air dhoibh Iofa a cheangal, thug iad leo è, agus thug iad thairis è do Phiolat.

2 Agus dh'fheòraich Piolat deth, An tufa righ nan Iudhach? Agus air freagairt dha, a dubhairt fè ris, A deir tu è.

3 Agus chuir na h àrd-fhagairt mòran do nithibh as a leth: ach cha do fhreagair eifean aon ni.

4 Agus chuir Piolat a-rìs ceift air, ag radh, Nach freagair thu ni fam bith? feuch cia lion nithe air am bheil iad fin a' toirt fia'nais a' d' aghaidh.

5 Ach cha do fhreagair Iofa ni fam bith fòs; air chor 's gur ghabh Piolat iongantas.

6 'Noife air an fhéifd bu ghnàth leis aon phrìofunach, ge b'è air bith a dh'iarradh iad, a leigeadh as doibh.

7 Agus bha *neach àraidh* d' am b' ainm Barabbas, ceangailte maille r'a chompanachaibh ceannairce, muintir a bha air deanamh marbhaidh ann fa cheannairc.

8 Agus air glaodhaich gu h àrd do'n tfluagh, thòfaich iad air iarraidh *air, a dheanamh* dhoibh mar a rinn è 'n comhnuidh.

9 Ach fhreagair Piolat iad, ag radh, An àill libh gu 'n cuir mi righ nan Iudhach fa fgaoil duibh?

10 (Oir bha fhios aige gur a b'ann tre fharmad a thug na h àrd-fhagairt thairis è)

11 Ach bhrofnaich na h àrd-fhagairt an fluagh, chum's gu 'm b'fhearr leis Barabbas a chur fa fgaoil doibh.

12 Agus fhreagair Piolat, agus a dubhairt fè riu a-rìs, Creud ma feadh is àill libh mife a dheanamh ris *an duine fin,* d' an goir fibh Righ nan Iudhach?

13 Agus ghlaodh iad a-rìs, Ceus è.

14 Ann fin a' dubhairt Piolat riu, C'ar fon, creud è 'n t olc a rinn

* air dha a ghnùis fholach.

rinn è ? Ach bu ro-mhòid a ghlaodh iadsan, Ceus è.

15 Agus air do Phiolat bhi toileach gniomh taitneach a dheanamh do 'n t sluagh, dh'fhuasgail è Barabbas doibh, agus thug è thairis Iosa, taireis da *a* sgiursadh, chum a cheusaidh.

16 Agus thug na saighdfheara leo è steach do'n talla, eadhon * cùirt an uachdarain ; agus ghairm iad a' chuideachd uile ann ceann a chéile.

17 Agus chuir iad uime eadach purpuir, agus air figheadh dhoibh coroin droighinn, chuir iad air è,

18 Agus thòsaich iad air beannachadh dha, *ag radh*, Fàilte dhuit, a Ri' nan Iudhach.

19 Agus bhuail iad air a' cheann è le slait chuilce, agus ghabh iad do shilibh air, agus air lùbadh *an* glùn, rinn iad umhlachd dha.

20 Agus taireis doibh fanoid a dheanamh air, thug iad deth an *t eadach* purpuir, agus chuir iad eadach fein uime, agus thug iad amach è chum 's gu 'n ceusadh iad è.

21 Agus dh'éignich iad duine àraidh bha dol seachad, Simon o Chirene, (athair Alecsandeir agus Rufuis, a bha teachd as a' mhachthir,) chum a chrann-ceusaidh a ghiulan.

22 Agus thug iad è gu ionad *d' am b' ainm* Golgota, 's è sin air na eidir-theangachadh, àite cloiginn.

23 Agus thug iad da r'a òl, fion air a mheasga le mirr : ach cha do ghabh eisean *è*.

24 Agus 'n uair a cheus iad è, roinn iad a thrusean, a' tilgeadh croinn air, ciod a' chuid a bhiodh aig gach duine dheth.

25 Agus bha 'n treas uair ann, agus cheus iad è.

26 Agus bha sgriobhadh a' chùis-dhìteidh air a sgriobhadh os a cheann, RIGH NAN IUDHACH.

27 Agus cheus iad maille ris dà ghaduiche ; fear air a làimh dheis, agus fear air a làimh chli.

28 Ann sin choi'-lionadh an sgriobtuir, a deir, Agus bha è air àireamh a' measg nan ciontach.

29 Agus thug iads' a bha dol seachad an-cainnt da, a' crathadh an ceann, agus ag radh, O thusa a leagas an teampull, agus a thogas è ann an tri laithibh,

30 Fòir ort fein, agus tàr a nuas o'n chrann-cheusaidh.

31 Agus mar an ceudna a dubhairt na h àrd-shagairt agus na sgriobhuichean r'a chéile, a' fanoid air, Shaor è daoin' eile, ni 'm bheil è comasach è fein a shaoradh.

32 Thigeadh a nois' Criosd Righ Israeil a nuas o'n chrann-cheusaidh, chum 's gu 'm faic agus gu'n creid sinn. Agus thug iadsan a chuaidh cheusadh maille ris, an-cainnt da.

33 Agus an uair a thainig an seathadh uair, bha dorchadas air an talamh uile, gu ruig an naothadh uair.

34 Agus air an naothadh uair dh'éigh Iosa le guth mòr, ag radh, Eloi, Eloi, lama sabachtani ? 'S è sin, air eidir-theangachadh, Mo Dhia, mo Dhia, creud far thréig tu mi ?

35 Agus air cluinntin *sin* do chuid diubhs', a bha 'n an seasamh a làthair, a dubhairt siad, Fèuch, ata fe gairm Eliais.

36 Agus ruidh fear aca, agus air dha spuing a lionadh do fhion-geur, agus a cur air slait chuilce, thug è deoch dha, ag radh, Leigibh *leis ;* faiceamaid an d'thig Elias g'a thoirt a nuas.

37 Agus air do Iosa eigheach le guth ard, thug è suas an deo.

38 Agus bha brat-roinn an teampuill air a reubadh, o mhullach gu iochdar, 'na dhà chuid.

39 Agus

* pretorium.

30 Agus an uair a chunnairc an Caiptin cheud, a bha 'na fheasamh fa chomhair, gu'n d'thug è fuas an deo, ag glaodhaich mar sin, a dubhairt fè, Gu fìrinneach b'è 'n duine so Mac Dhe.

40 Agus bha mar an ceudna mnài am fad uatha ag amharc: 'nam measg sin bha Muire Magdalen, agus Muire màthair Sheumais bu lugha, agus Iosès, agus Salome;

41 Muintir a lean è fòs, 'n uair a bhà è sa Ghalilee, agus a bha frithealadh dha; agus mòran eile do mhnaibh a chuaidh suas 'na fhochair gu Hierusalem.

42 Agus anois' air teachd do 'n fheascar, (do bhri' gur b'è *là* an ull'uchaidh è, eadhon an là roimh 'n tsàbaid)

43 Thainig Ioseph o Arimatea, comhairleach onorach, aig an raibh mar an ceudna dùil re rioghachd Dhe, agus chuaidh è steach gu dàna dh'ionnsuidh Phiolait, agus dh'iarr è corp Iosa

44 Agus b' iongnadh le Piolat ma bha è cheana marbh: Agus air dha an Caiptin cheud a ghairm, dh'fheòraich è dheth, An raibh fad' o fhuair è bàs.

45 Agus air dha fios fhaghail o'n Chaiptin cheud, thug è 'n corp do Ioseph.

46 Agus cheannaich eisean lion-eadach prìseil, agus thug è 'nuas è, agus phaisg è san lion-eadach è, agus cuir sè è ann an uaigh a chladhaicheadh a carraig, agus charuich sè clach gu dorus na h uaighe.

47 Agus chunnairc Muire Magdalen, agus Muire *màthair* Iosès, an t àit' an do chuireadh è.

CAIB. XVI.

1 *Do chuir aingeal anns céill eiseirigh Chriosd do thri mnaibh.* 9 *Dh'fhoillsicheadh Criosd fein do Mhuire Magdalen:* 12 *Chunncas è le dias, a bha dol do 'n dùthaich;* 14 *'n diaigh sin leis na h Abstoil,* 15 *muintir a chuir è 'mach a shearmonachadh an t soisgeil:* 19 *agus chuaidh è fein suas gu neamh.*

AGUS air dol do'n t sàbaid seachad, cheannaich Muire Magdalen, agus Muire *màthair* Sheumais, agus Salome, spìosraidh deadh-bholuidh, chum's air dhoibh teachd gu'n ungadh siad è.

2 Agus thainig iad gu ro-mhoch air maidin a' cheud *là* do 'n t seachduin chum na h uaighe, aig eirigh na gréine.

3 Agus a dubhairt iad eatorra fein, Co a charuicheas duinn a' chloch o dhorus na h uaighe?

4 Agus air dhoibh amharc, chunnairc iad gu'n raibh a' chloch air a h atharach' air falbh; oir bha i ro-mhòr.

5 Agus air dhoibh dol a stigh do 'n tuama, chunnaic iad òganach 'na shuidhe air an làimh dheis, uim' an raibh eadach fada glé gheal; agus ghlac uathbhas iad.

6 Agus a dubhairt eisean riu, Na biodh eagal oirbh: ata sibh ag iarraidh Iosa o Nasaret, a cheusadh: dh'eirich è, ni 'm bheil è 'n so: faicibh an t àit' ann s 'na chuir iad è.

7 Ach im'ichibh, innsibh d'a dheisciobluibh agus do Pheadar, gu 'm bheil sè dol romhaibh do 'n Ghalilee: chi sibh ann sin è, mar a dubhairt se ribh.

8 Agus air dol amach gu grad doibh, theich iad o'n uaigh; oir bha ball-chrith agus uabhunn orra: agus cha dubhairt siad ni sam bith re neach air bith; oir bha eagal orra.

9 Agus air eirigh *do Iosa* sa mhaidin air a' cheud *là* do 'n t seachduin, thaisbeineadh è air tùs do Mhuire Magdalen, as 'na thilg è seachd deamhain.

10 *Agus* air im'eachd dh'ise, dh'innis i sin dhoibhsin a bha maille ris, agus iad re bròn agus gul.

11 Agus

11 Agus iadsa', 'n uair a chual' iad gu'n raibh è beo, agus gu 'm facadh leatha-san è, cha do chreid iad.

12 'Na dhiaigh sin, thaisbeineadh è do dhias aca ann an cruth eile ag imtheachd dhoibh, agus iad a' dol do 'n dùthaich.

13 Agus dh'imich iadsan agus dh'innis iad è do 'n chuid eile: agus ni mò a chreid iad iadsan.

14 Ann diaigh sin nochdadh è do 'n aon-fhear-deug, agus iad 'nan suidhe aig biadh, agus thilg è orra am mi-chreidimh, agus an cruas-croidhe, chionn nach do chreid iad iadsan a chunnaic è taireis da eirigh.

15 Agus a dubhairt sè riu, Im'ichibh air feadh an t saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach uile chreatuir.

16 Ge b'è chreideas agus a bhaistear, bithidh sè air a shàbhaladh; ach ge b'è nach creid, damnar è.

17 Agus leanaidh na comharthaidh so 'n dream a chreideas: Ann am ainm-se tilgidh siad amach deamhain, labhraidh siad le teangaibh nuadha,

18 Togaidh siad naithreacha nimhe, agus ma dh'òlas iad ni air bith marbhtach, cha chiurr sè iad; cuiridh siad an làmhan air daoinibh tinne, agus bithidh siad gu maith.

19 Mar sin taireis do'n Tighearna labhairt riu, ghabhadh suas gu neamh è, agus shuidh sè air deas làimh Dhe.

20 Agus air dhoibhsin dol amach, shearmonaich iad ann sgach uile àite, air bhi do 'n Tighearn' a' comh-oibreachadh leo, agus a' daingneachadh an fhocail leis na comharthaibh a lean è. Amen.

An Soisgeul a reir LUCAIS.

CAIB. I.

1 *Roi'-radh Lucais d'a shoisgeul gu h iomlan.* 5 *'Ta Eoin Baisde air a ghabhail am broinn a mhàthar,* 26 *agus Criosd air a ghabhail am broinn Mhuire.* 39 *Fàidheadoireachd Elisabet, agus Mhuire mu thimchioll Chriosd.* 57 *Breith agus timchioll-ghearradh Eoin.* 67 *Fàidheadoireachd Shacharias mu thimchioll Chriosd,* 76 *agus Eoin.*

DO bhri' gur ghabh mòran os làimh eachdraidh sgriobhadh ann an òrdugh air na nithibh sin a 'ta le làn dearbhadh air an creidsin 'nar measg-ne,

2 Do reir mar a dh'aisig na daoine sin dhuinne iad, a chunnairc iad o thùs le 'n sùilibh, agus a bha 'n an luchd frithealaidh an fhocail:

3 Chunneas damhsa mar an ceudna, a Theophilus ro-òirdheirc, air faghail deirbh-fhios gach uile nithe dhamh o'n fhior-thoiseach, sgriobhadh a' d' ionnsuidhs' ann òrdugh,

4 Chum's gu 'm biodh fios agad air cinnteachd nan nithe ann s'an deachaidh do theagasg.

BHA ann laithibh Ioraith Righ Iudea, sagart àraidh d' am b' ainm Sacharias, * do chùrsa Abia: agus *bha* a bhean do inghean aibh Aaroin, agus *b'* ainm dh'i Elisabet.

6 Agus bha iad faraon ionnraic am fia'nais De, ag im'eachd ann an uil' àitheantaibh agus òrduighibh an Tighearna, gu neo-lochdach.

7 Agus cha raibh duine cloinne aca, do bhri' gu'n raibh Elisabet † aimrid, agus bha iad araon aos-mhor.

8 Agus tharladh am feadh a bha eisean a' deanamh òifig' an t sagairt ann

* do sheal Abia. † seasg.

ann làthair Dhe ann an òrdugh a chùrsa,

9 A reir gnàth' oifig' an t sagairt, b'è a chrann tùis a losgadh, air dha dol a steach do theampull an Tighearna.

10 Agus bha coi'-thional an t sluaigh uile a' deanamh ùrnuigh a muigh, re àm na tùise.

11 Agus chunncas leisean Aingeal an Tighearna 'na sheasamh air taoibh dheis altair na tùise.

12 Agus an uair a chunnaic Sacharias *é*, bha è fuidh thriobloid, agus thuit eagal air.

13 Ach a dubhairt an t Aingeal ris, Na gabh eagal, a Shacharias: oir fhuair t ùrnuigh eisdeachd; agus beiridh do bhean Elisabet mac dhuit, agus bheir thu Eoin a dh'ainm air.

14 Agus bithidh aoibhneas agus subhachas ort, agus ni mòran gàirdeachas r'a bhreith.

15 Oir bithidh sè mòr ann làthair an Tighearna, agus cha 'n òl è fion no deoch làidir; agus bithidh sè air a lionadh leis an Spiorad naomha, eadhon o bhroinn a mhàthar.

16 Agus pillidh sè mòran do chloinn Israeil chum an Tighearna an Dia-san.

17 Agus theid è roimhe-sin ann an spiorad agus ann an cumhachd Eliais, a thionndadh croidhe nan aithreacha chum na cloinne, agus nan eas-umhal gu gliocas nam firean, a dh'ull'uchadh pobuill deas do 'n Tighearna.

18 Agus a dubhairt Sacharias ris an Aingeal, Cionnas a bhios fhios so agamsa? Oir is sean duine mise, agus ata mo bhean aos-mhor.

19 Agus fhreagair an t Aingeal agus a dubhairt sè ris, 'S mise Gabriel a theas'as ann làthair Dhe: agus chuireadh mi a labhairt riutsa, agus a dh'innseadh an nuaidheachd mhaith so dhuit.

20 Agus feuch, bithidh tu balbh agus gun chomas labhairt, gus an là ann san d'thig na nithe-se gu crich, chionn nach do chreid thu mo bhriathra-sa, a b'hitheas air an coi'-lionadh 'nan àm fein.

21 Agus bha 'm pobull a' feitheamh re Sacharias, agus b' iongantach leo a' mhoille a rinn è san teampull.

22 Agus air teachd amach dha, cha b' urradh è labhairt riu: agus thuig iad gu 'm fac' è * sealladh *neambaidh* san teampull: oir bha è snèideadh orra, agus dh'fhan è 'na thosd.

23 Agus tharladh, 'n uair a choi'-lionadh làith' a mhinistreileachd, gu 'n deachaidh se d'a thigh fein.

24 Agus ann diaigh nan làith' sin dh'fhàs a bhean Elisabet torrach, agus dh'fholaich si i fein rè chuig mìosa, ag radh,

25 Is ann mar so a rinn an Tighearna dhamh ann sna laithibh an d' amhairc sè orm, a thog'ail diom mo mhasladh a' measg dhaoine.

26 Agus ann san t seathadh mìos, chuireadh an t Aingeal Gabriel o Dhia, gu caithir do 'n Ghalilee, d' am b'ainm Nasaret,

27 Dh'ionnsuidh òigh a bha fa cheangal pòsaidh aig fear d' am b' ainm Iosèph, do thigh Dhaibhidh; agus *b'è* ainm na h òighe Muire.

28 Agus air dol a steach do'n Aingeal d'a h ionnsuidh, a dubhairt sè, Fàilte dhuit, o thusa d'an do nochdadh mòr-fhàbhar, *ata* 'n Tighearna maille riut: *is* beannuicht' thu a' measg bhan.

29 Agus an uair a chunnaic si è, bha i fa thriobloid inntin air son na cainnte so, agus a' reasunachadh creud a' ghnè a'tacha-beatha dh'fheuda' bhi 'n so.

30 Agus a dubhairt an t Aingeal ris, Na biodh eagal ort, a Mhuire: oir fhuair thu gràsa o Dhia.

31 Agus feuch, gabhaidh tu a'd' bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Iosa dh' ainm air.

32 Bithidh sè mòr, agus goirthear Mac an Ti a's ro-airde dheth; agus

M † bheir

* taisb.an

bheir an Tighearna Dia dha righchaithir athar fein Dhaibhidh.

33 Agus bithidh fè 'na Righ air tigh Iacob gu bràth, agus cha bhi crioch air a rioghachd.

34 Agus a dubhairt Muire ris an Aingeal, Cionnas a bhitheas fo, do bhri' nach 'eil aithne agamfa air duine?

35 Agus fhreagair an t Aingeal agus a dubhairt fè ria, Thig an Spiorad naomha ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde fgàil ort: uime fin an ni naomha fin a bheirthear leat, goirthear Mac De dheth.

36 Agus fèuch, do bhan-charaid Elifabet, ata ife fein torrach air mac 'na fean aois; agus 's è fo an feathadh mios dh'ife d' an goirteadh bean * aimrid.

37 Oir ni 'm bheil ni fam bith do-dheanta do Dhia.

38 Agus a dubhairt Muire, Fèuch ban-oglach an Tighearna, biodh è dhamhfa reir t fhocail. Agus dh'fhalbh an t Aingeal uaipe.

39 Agus air eirigh do Mhuire fna laithibh fin, chuaidh fi le cabhaig do dhùthaich nam beann, gu baile *do thìr* Iuda,

40 Agus chuaidh fi fteach do thigh Shachariais, agus chuir i fàilt' air Elifabet.

41 Agus tharladh 'n uair a chual' Elifabet beannacha' Mhuire, leum an naoidhean 'na broinn: agus lionadh Elifabet leis an Spiorad naomha.

42 Agus ghlaodh i 'mach le guth àrd, agus a dubhairt fi, 'S beannuicht' thu a' meafg bhan, agus is beannuichte toradh do bhronn.

43 Agus cionnas *a dh'eirich* fo dhamh-fa, gu 'n d'thigeadh màthair mo Tighearna a' m' ionnfuidh?

44 Oir fèuch, co-luath 's a thainig fuaim do bheannachaidh a' m' chluafaibh, bhriofg an naoidhean le h aoibhneas ann mo bhroinn.

45 Agus is beannuicht' ife a chreid: oir coi'-lionar na nithe a labhradh ria leis an Tighearna,

46 Agus a dubhairt Muire, Ata m' anam ag àrd-mholadh an Tighearna,

47 Agus ata mo fpiorad a' deanamh gàirdeachais ann Dia mo fhlànui'-fhear.

48 Do bhri' gu'n d'amhairc fè air ftaid iofail a bhan-oglaich: oir fèuch, o fo fuas goiridh gach linn beannuichte dhiom.

49 Do bhri' gu'n d'rinn an Ti ata cumhachdach nithe mòra dhamh, agus *is* naomha ainm.

50 Agus *ata* a thròcair-fin o linn gu linn, do 'n droing d' an eagal è.

51 Nochd fè neart le ghàirdin, fcap è na h uaibhrich ann fmuaintibh an croidhe fein.

52 Thug è 'nuas na daoine cumhachdach o'n caithrichibh rioghail, agus dh'àrduich fè iadfan a bha iofal.

53 Lion è 'n droing a bha ocrach le nithibh maithe, agus chuir fè uaithe na daoine faibhre folamh.

54 Rinn fè congnamh re Ifrael a fhearbhant fein, ann an cuimhneachadh a thròcair,

55 Mar a labhair fè r' ar n aithreachaibh, re Abraham agus a fhliochd gu bràth.

56 Agus dh'fhan Muire maille ria mu thimchioll tri mìofa, agus phill i d'a tigh fein.

57 'Noife thainig làn inbhe Elifabet, gu 'm biodh i air a h aifead; agus rug fi mac.

58 Agus chual' a coimhearfnaich agus a cairde mar a nochd an Tighearna mòr thròcair dh'i; agus rinn iad gàirdeachas maille ria.

59 Agus tharladh air an ochdmha' là gu'n d'thainig iad a thimchioll-ghearradh an naoidhein; agus ghoir iad Sacharias deth, do reir ainm' Athar.

60 Agus fhreagair a mhàthair, agus a dubhairt fi, Ni h eadh; ach goirthear Eoin deth.

61 Agus

* fheafg.

61 Agus a dubhairt iad ria, Ni'm bheil aon neach do d' chàirdibh d'an goirthear an t ainm so.

62 Agus smèid iad r'a athair, creud an t ainm a b' àill leis thoirt air.

63 Agus air iarraidh clàir-sgriobhaidh dha-sa, sgriobh sè, ag radh, 'S è Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantas uile.

64 Agus air ball dh'fhosgladh a bheul, agus *dh'fhuasgladh* a theanga, agus labhair sè, a' moladh Dhe.

65 Agus thainig eagal air an coimhearsnachaibh uile: agus dh'aithriseadh na nithe sin gu léir feadh dhùthaich àrda Iudea uile.

66 Agus iadsan uile a chuala *na nithe sin*, thaisg iad 'n an croidhibh *iad*, ag radh, Creud a' ghnè leinibh a bhitheas ann so? Agus bha làmh an Tighearna maille ris.

67 Agus bha Sacharias athair air a lionadh leis anSpiorad naomh', agus rinn è fàidheadoireachd, ag radh,

68 Gu ma beannuichte 'n Tighearna Dia Israeil, air son gu'n d'fhiosraich sè agus gu'n d' thug è saorsa d'a phobull,

69 Agus thog è suas dhuinne adharc slàinte, ann an tigh Dhaibhidh òglaoich fein;

70 A reir mar a labhair sè le beul fhàidhean naomha fein, a bha ann o thoiseach an t saoghail;

71 A thabhairt saorsa dhuinn o ar naimhdibh, agus o làimh na muintir sin uile le 'm fuathach sinn.

72 A choi'-lionadh na tròcair *a gheall è* d' ar n aithreachaibh, agus a chuimhneachadh a' choi'-cheangail naomha fein:

73 Am mionn' a mhionnaich sè d' ar n athair Abraham,

74 Gu'n d' thugadh è dhuinn, air bhi dhuinn air ar saoradh o làimh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail,

75 Ann naomhachd agus ann am fìreuntachd 'n a làthair fein, uile làith' ar beatha.

76 Agus thusa, a leinibh, goirthear dhiot Fàidh an Ti is roàirde: oir theid thu roimh aghaidh an Tighearna, a dh' ull'uchadh a shlighe;

77 A thabhairt eòlais na slàinte d'a phobull, tre mhaitheanas 'n am peacadh.

78 Tre thròcair ro-mhòir ar Dene; leis an d'fhiosraich an * ùrmhaidin o'n ionad a's àirde sinn,

79 A thoirt soluis dhoibhs' ata 'n an suidhe ann dorchadas, agus ann sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cos air slighe na sìth.

80 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann Spiorad è, agus bha è san fhasach gu là fhoillseachaidh do Israel.

CAIB. II.

1 *Ata Augustus a' meas Impireachd nan Romhanach uile.* 6 *Breith Chriosd:* 8 *Tha aingeal 'g a chuir so ann céill do na buachaillibh:* 13 *Ata mòran ac' a' cantuin cliu do Dhia air a shon:* 21 *Ata Criosd air a thimchioll-ghearradh.* 22 *Muire air a glanadh.* 28 *Tha Simeon agus Anna ag deanamh fàidheadoireachd mu thimchioll Chriosd;* 40 *neach ata fès ann gliocas,* 46 *agus a' cur cheistean air luchd teagaisg an lagha ann san teampull:* 51 *Agus tha è umhal d'a phàrantaibh.*

AGUS tharladh sna laithibh sin, gu'n deachuidh òrdugh amach o Cheasar Augustus, an domhan uile a † mheas.

2 (Agus rinneadh an ceud-mheas so 'n uair a bha Cirenius 'na uachdaran air Siria)

3 Agus chuaidh gach uile chum a bhi air am meas, gach aon fa leth d'a bhaile fein.

4 Agus chuaidh Ioseph mar an ceudna suas o'n Ghalilee, a baile Nasaret, do Iudea, gu baile Dhaibhidh,

* chamh fhair. † a sgriobhadh ann cis-rola.

bhidh, d'an goirthear Betlehem, (do bhri' gu'n raibh è do thigh agus do shliochd Dhaibhidh)

5 Chum gu measfadh è mailleré Muire a bha fa cheangal pòsaidh dha, agus i mòr-thorrach.

6 Agus tharladh, 'm feadh a bha iad ann sin, gu'n do choi'-lionadh làith' a h inbhe-se, chum i bhi air a h aisead.

7 Agus rug si a ceud-ghin mic, agus phaisg si è am brat-speilidh, agus chuir si 'n a luidhe am prasaich è, do bhri' nach raibh àite aca 'n tigh òsda.

8 Agus bha ann san dùthaich sin buachaillean a' santuin a muigh, agus a' deanamh faire oidhche air an treud.

9 Agus feuch, thainig Aingeal an Tighearn' orra, agus dhealraich glòir an Tighearna m'an timchioll; agus ghabh iad eagal mòr.

10 Agus a dubhairt an t aingeal riu, Na biodh eagal oirbh: oir feuch, ata mi 'g innseadh dhuibh deadh sgéil mhòir-aoibhneis, a bhitheas do'n uile shluagh.

11 Oir rugadh dhuibh an diu slànui'-fhear, ann * an caithir Dhaibhidh, neach is è Criosd an Tighearna.

12 Agus bithidh so 'n a chomhartha dhuibh; Gheibh sibh an naoidhean paisgt' ann am brat-speilidh, 'n a luidhe am prasaich.

13 Agus air ball bha mailleris an Aingeal cuideachd mhòr do armailtibh nèimh', a' moladh Dhe, agus ag radh,

14 Glòir do Dhia ann sna h àrdaibh, agus air talamh sìth, deadh ghean do dhaoinibh.

15 Agus tharladh, mar a dh'fhalbh na h aingeil uatha gu neamh, gu'n dubhairt na buachaillean r'a chéile, Rachamaid a nois' eadhon do Bhetlehem, agus faiceamaid an ni so a rinneadh, a dh'fhoillsich an Tighearna dhuinne.

16 Agus thainig iad gu grad, agus fhuair iad Muire agus Ioseph, agus an leanabh 'n a luidhe sa phrasaich.

17 Agus an uair a chunnairc iad *sin*, dh'aithris iad an ni a dh'innseadh dhoibh mu thimchioll an leinibh sin.

18 Agus ghabh gach neach a chuala so, iongantas ris na nithibh sin a dh'innseadh dhoibh leis na buachaillibh.

19 Ach ghleidh Muire na nithe sin uile, ag beachd-smuainteachadh orra 'n a croidhe.

20 Agus phill na buachaillean, a' tabhairt glòir' agus molaidh do Dhia. air son nan nithe sin uile a chual' agus a chunnaic iad, a reir mar a dubhradh riu.

21 Agus an uair a choi'-lionadh ochd làith' chum an leanabh a thimchioll-ghearradh, thugadh IOSA a dh' ainm air, eadhon an t ainm a ghoir an t aingeal deth mun do ghabhadh sa bhroinn è.

22 Agus an uair a choi'-lionadh làith' a glanaidh, a reir lagh' Mhaois, thug iad eisean gu Hierusalem, chum a thaisbeanadh do'n Tighearna,

23 (Mar ata è sgriobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud-ghin mic a dh'fhosglas a' bhrù, goirthear naomha do'n Tighearna è)

24 Agus a thabhairt iobairt a reir mar a deirthear ann lagh an Tighearna, Paidhir thurtuir, no dà cholman òga.

25 Agus feuch, bha duine ann Hierusalem, d'am b'ainm Simeon; agus bha 'n duine so † ionnraic agus diadhaidh, agus bha dùil aige re fòlas Israeil: agus bha 'n Spiorad naomha air.

26 Agus dh'fhoillsicheadh dha leis an Spiorad naomh', nach faiceadh

* am baile Dhaibhidh.

† 'n a fhìrean.

ceadh è bàs, gus am faiceadh sè Crioſd an Tighearna.

27 Agus thainig è le treòrachadh an Spioraid do'n teampull: Agus an uair a thug na pàranta' an leanabh Ioſa a ſtigh, chum's gu'n deanadh iad air a ſhon a reir gnàthuchadh an lagha,

28 Ann ſin ghlac eiſean air a ghàirdinibh è, agus bheannuich sè Dia, agus a dubhairt è,

29 A nois', a Thighearna, ata thu leigeadh do d'ſhearbhant *ſiubhal* ann sìth, a reir t fhocail.

30 Oir chunnairc mo ſhùile do ſhlàinte:

31 A dh' ull'uich thu roimh ghnùis nan uile phobull:

32 Solus a ſhoillſeachadh nan Geintileach, agus glòir do phobuill Iſraeil.

33 Agus ghabh Ioſeph agus a mhàthair iongantas ris na nithibh a labhradh uime.

34 Agus bheannuich Simeon iad, agus a dubhairt ſè re Muire a mhàthair, Fèuch, do chuireadh an *leanabh* ſo chum tuiteam agus eiſeirigh mhòrain ann Iſrael; agus 'na chomharth' a labhrar 'na aghaidh:

35 (Agus fòs theid cloidheamh tre d' anam-ſa fein) chum's gu 'm foillſichear ſmuaintidh croidheacha mhòrain.

36 Agus bha *fòs* Anna banfhàidh, inghean Phanuel, do threibh Aſer; *agus bha* i ro aosmhor, agus chaith i ſeachd bliadhna maille re fear o àm dh'i bhi 'na h ôigh.

37 Agus bu bhain-trea'ch i mu thimchioll ceithir bliadhn' agus ceithir fichead a dh' aois: neach nach deachaidh o'n teampull, a' deanamh ſeirbhis *do Dhia* a là agus a dh' oidhch' le troſgadh agus le hùrnuigh.

38 Agus air teachd dh'iſe a ſtigh ſa cheart uair ſin fein, thug i moladh do'n Tighearna, agus labhair ſi m'a thimchioll riu-ſan uile aig an raibh dùil re ſaorſa ann an Ierusalem.

39 Agus 'n uair a choi'-lion iad na h uile nithe a reir lagh' an Tighearna, phill iad do'n Ghalilee, d'am baile fein Naſaret.

40 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartuicheadh ann Spiorad ê, air a lionadh le gliocas; agus bha gràſa Dhe air.

41 Agus chuaidh a phàranta' gach bliadhna gu Hieruſalem, aig féiſd na càiſge.

42 Agus air bhi dha dà-bhliadhna-dheug a dh' aois, chuaidh iad ſuas gu Hieruſalem, a reir gnàth' na féiſde.

43 Agus air coi'-lionadh nan làethe ſin doibh, 'n uair a phill iadſa', dh'fhan an leanabh Ioſa 'n an diaigh ann Hieruſalem; agus ni 'n raibh fios aig Ioſeph no aig a mhàthair *air ſin*.

44 Ach air dhoibh a ſhaoilſin gu'n raibh è ſa chuideachd, dh'imich iad aſtar là; agus dh' iarr iad è 'meaſg an càirdean, agus an luchd eòlais.

45 Agus an t ann nach d'fhuair iad è, phill iad gu Hieruſalem, 'g a iarruidh.

46 Agus tharladh 'n diaigh thri làith', gu'n d'fhuair ſiad è ſan teampull, 'na ſhuidhe a' meadhon an luchd teagaiſg, faraon 'g an eiſdeachd, agus a' cur cheiſtean orra.

47 Agus ghabh a' mhuintir a chual' è uile iongantas r'a thuigſe agus r'a fhreagraibh.

48 Agus air dhoibh fhaicſin, ghlac ua'bhas iad: agus a dubhairt a mhàthair ris, A mhic, c'ar ſon a rinn thu mar ſo oirnne? fèuch, bha t athair agus miſe gu brònach ga d' iarruidh.

49 Agus a dubhairt eiſean riu, C'ar ſon a bha ſibh ga m' iarruidh? nach

nach raibh fhios agaibh gu 'm bu chòir dhamhfa bhi mu ghnothuichibh m' Athar?

50 Agus cha do thuig iadfan an ni a labhair è riu.

51 Agus chuaidh è fios maille riu, agus thainig è gu Nafaret, agus bha è umhal doibh: ach ghleidh a mhàthair na nithe fin uile 'n a croidhe.

52 Agus thainig Iofa air aghaidh ann an gliocas agus am mèudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia, agus aig daoinibh.

CAIB. III.

1 *Searmonachadh Eoin Bhaifde.* 15 *Fhia'nais mu thimchioll Chriofd.*
20 *Chuir Ioraith Eoin am prìofun.*
21 *Tha Criofd air a bhaifteadh, agus a' faghail fia'nais o neamh.*
23 *Aois agus finnfireachd Chriofd.*

NOIS' ann fa chùigeadh-bliadhna-deug do *impireachd* Thiberius Cheafar, air bhi do Phontius Pilat 'na uachdaran air Iudea, agus Ioraith 'na Thetrarch air a' Ghalilee, agus Philip a bhràthair 'na Thetrarch air Iturea agus dùthaich Thrachonitis, agus Lifanias 'na Thetrarch air Abilene,

2 'N t àm a bha Annas agus Caiaphas 'nan àrd-fhagartaibh, thainig focal De chum Eoin mhic Shachariais ann fan fhàfach.

3 Agus thainig è do'n dùthaich uile timchioll Iordain, a' fearmonachadh baifdidh an aithreachais, chum maitheanais peacaidh;

4 Mar ata è fgriobht' ann an leabhar briathra an fhàidh Efaias, ag radh, Guth an ti a dh'éigheas ann fan fhàfach, Ull'uichibh flighe an Tighearna, deanaibh a choscheuma dìreach

5 Bithidh gach gleann air a lionadh, agus gach beinn agus cnoc air an ìoflachadh; agus bithidh na nithe camadh air an deanamh dìreach, agus na flighe garbha air an deanamh reidh;

6 Agus chi gach uile fheoil flàinte Dhe.

7 Uime fin a dubhairt fè ris an tfluagh a thainig amach chum bhi air am baifteadh leis, A fhiol nan naithreacha nimhe, co thug rabhadh dhuibhfe teicheadh o'n fheirg ata re teachd?

8 Air an àdhbhar fin thugaibh amach toradh iomchu'idh do'n aithreachas, agus na tòfaichibh air a radh ionnaibh fein, Ata Abraham 'na Athair againn: oir a deirim ribh, gur comafach Dia do na clochaibh fo fliochd a thog'ail fuas do Abraham

9 Agus a noife fòs ata 'n tuadh air a cur re bun nan craobh: air an àdhbhar fin gach craobh nach toir amach toradh maith, gearrthar fios i, agus tilgear fan teine i.

10 Agus dh'fheòruich an fluagh dheth, ag radh, Ciod uime fin a ni finne?

11 Agus fhreagair eifean agus a dubhairt fè riu, An ti aig am bheil dà chòta, roinneadh è ris an ti aig nach 'eil; agus an ti aig am bheil biadh, deanadh è mar an ceudna.

12 Agus thainig mar an ceudna Puibliocanaich chum bhi air am baifteadh, agus a dubhairt fiad ris, A mhaighifdir, ciod a ni finne?

13 Agus a dubhairt eifean riu, Na deanaibh ni air bith os cionn na dh' òrduicheadh dhuibh.

14 Agus dh'fheòruich na faighdfheara mar an ceudna dheth, ag radh, Agus ciod a ni finne? Agus a dubhairt fè riu, Na deanaibh foirneart air neach fam bith, no cafaidbhréige, agus bithibh toilichte le'r tuarafdal.

15 Agus air bhi do'n phobull a' feitheamh, agus gach uile dhaoine a' reafunachadh 'n an croidhibh fein mu thimchioll Eoin, am b'è no nach b'è Criofd a bh' ann;

16 Fhreagair Eoin, ag radh riu

riu uile, 'Ta miſe gu dearbh 'gar baiſteadh le h uiſge; ach ata neach a' teachd is cumhachdaiche na miſe, agus cha 'n fhiu mi ſalladh a bhròg fhuaſgladh: baiſtidh eiſean ſibh leis an Spiorad naomh', agus le teine.

17 Aig am bheil inneal-faſcnaidh 'na làimh, agus ro-ghlanaidh ſè ùrlar, agus cruinnichidh ſè 'n cruí'neachd d'a thigh ſtòir; ach loiſgidh ſè 'm moll le teine nach fheudar a mhùchadh.

18 Agus ann a * earail ſhearmonaich è mòran do nithibh eile do'n phobull.

19 Ach air do Ioraith an Tetrarch bhi air a chronachadh leis air ſon Herodiais bean a bhràthar Philip, agus air ſon gach olc a rinn Ioraith,

20 Chuir è ſo ris gach olc eile, gu'n do dhruid è Eoin am prìoſun.

21 Agus tharladh, 'n uair a bha 'n ſluagh uil' air am baiſteadh, air do Ioſa mar an ceudna bhi air a bhaiſteadh, agus è re ùrnuigh, gu'n d'fhoſgladh neamh:

22 Agus gu'n d' thainig an Spiorad naomh anuas air ann cos'las corporra, mar choluman, agus gu'n d' thainig guth o neamh, ag radh, Is tu mo Mhac gràdhach, † ionnad-ſa 'ta mo làn tlachd.

23 Agus thòſaich Ioſa fein air a bhi mu thimchioll deich-bliadhnaſchead a dh' aois, air dha bhi (reir bar'ail *dhaoine*) 'na mhac aig Ioſeph, *mac* Heli,

24 *Mhic* Mhattat, *mhic* Lebhi, *mhic* Mhelchi, *mhic* Ianna, *mhic* Ioſeph,

25 *Mhic* Mhattatias, *mhic* Amois, *mhic* Naum, *mhic* Eſli, *mhic* Nagge,

26 *Mhic* Mhaat, *mhic* Mhattatias, *mhic* Shemei, *mhic* Ioſeph, *mhic* Iudah,

27 *Mhic* Ioanna, *mhic* Rheſa, *mhic* Shorobabel, *mhic* Shalatiel, *mhic* Neri,

28 *Mhic* Mhelchi, *mhic* Addi, *mhic* Chooſam, *mhic* Elmadam, *mhic* Er,

29 *Mhic* Ioſe, *mhic* Elieſer, *mhic* Ioreim, *mhic* Mhattat, *mhic* Lebhi,

30 *Mhic* Shimeon, *mhic* Iudah, *mhic* Ioſeph, *mhic* Ionan, *mhic* Eliacim,

31 *Mhic* Mhelea, *mhic* Mhainan, *mhic* Mhattata, *mhic* Natain, *mhic* Dhaibhidh,

32 *Mhic* Ieſſe, *mhic* Obed, *mhic* Bhoos, *mhic* Shalmon, *mhic* Naaſſon,

33 *Mhic* Aminadab, *mhic* Aram, *mhic* Eſrom, *mhic* Phares, *mhic* Iudah,

34 *Mhic* Iacob, *mhic* Iſaac, *mhic* Abraham, *mhic* Thara, *mhic* Nachor,

35 *Mhic* Sharuch, *mhic* Ragau, *mhic* Phalec, *mhic* Eber, *mhic* Shala,

36 *Mhic* Chainan, *mhic* Arphacsad, *mhic* Shem, *mhic* Noe, *mhic* Lamech,

37 *Mhic* Mhatuſala, *mhic* Enoch, *mhic* Iared, *mhic* Mhaleleel, *mhic* Chainan,

38 *Mhic* Enois, *mhic* Sheth, *mhic* Adhamh, *mhic* Dhe.

CAIB. IV.

1 *Buaireadh agus troſgadh Chriosd:* 13 *Ata è toirt buaidh air an diabhol;* 14 *a' tòiſeach' re ſearmonachadh.* 16 *Ata pobull Nasaret a' gabhail iongantais r'a ſhoclaibh gràs-mhor:* 33 *Ata è leigheas an duine san raibh diabhol,* 38 *agus màthar-chéile Pheadair,* 40 *agus mòran eile bha tinn.* 41 *Tha na deamhain ag aid'each' gur h è Criosd, agus air an cronachadh leis;* 43 *agus tha è ſearmonachadh tre am bailtibh.*

AGUS air bhi do Ioſa làn do 'n Spiorad naomha, phill ſè air ais o Iordan, agus threòraicheadh è leis an Spiorad do 'n fhàſach,

2 Agus bhà è air a bhuaireadh rè dha-fhichead-làeth' leis an diabhol; agus cha d' ith ſè ni ſam bith ann ſna

* theagaſg. † ionnadſa 'ta mi làn-toilichte.

ſna laithibh ſin: agus air dhoibh bhi air an criochnachadh, ann ſin dh'fhàs è ocrach.

3 Agus a dubhairt an diabhol ris, Ma 's tu Mac Dhe, abair ris a' chloich ſo bhi 'n a h aran.

4 Agus fhreagair Ioſa è, ag radh, Ata è ſgriobht', nach ann le h aran amhàin a thig duine beo, ach le gach uile fhocal De.

5 Agus air do 'n diabhol a thabhairt gu ſliabh àrd, nochd è dha uile rioghachda an domhain ann am mionaid aimſire.

6 Agus a dubhairt an diabhol ris, Bheir mſe an cumhachd ſo uile dhuit, agus an glòir; oir thugadh dhamhſa ſin, agus bheir mi è do neach air bith is toil leam.

7 Uime ſin ma ni thuſa àdhradh dhamh, 'sleatſa *iad* uile.

8 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè ris, Tàr air mo chùlthaobh, a Shatain: oir ata è ſgriobht', Ni thu àdhradh do'n Tighearna do Dhia, agus dha-ſan 'n a aonar ni thu ſeirbhis.

9 Agus thug ſe è gu Hieruſalem, agus chuir ſè air binnein an teampuill è, agus a dubhairt ſè ris, Ma 's tu Mac Dhe, tilg thu fein ſios as ſin.

10 Oir ata è ſgriobhta, Bheir ſè àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, thuſa a choimhead.

11 Agus togaidh iad ſuas thu 'nan làmhaibh, 'n t eagal gu 'm buail thu uair air bith do chos air cloich.

12 Agus air freagairt do Ioſa, dubhairt ſè ris, A dubhradh, Na buair thuſa an Tighearna do Dhia.

13 Agus an uair a chriochnuich an diabhol am buaireadh uile, dh'imich è uaithe rè tamuill.

14 Agus phill Ioſa ann an cumhachd an Spioraid chum na Galilee; agus chuaidh iomradh-ſan air feadh na dùthcha m'an cuairt gu h iomlan.

15 Agus theagaiſg ſè 'n an ſionagogaibh, a' faghail glòir o gach uile dhaoinibh.

16 Agus thainig ſè gu Naſaret, far an d' àraicheadh è: agus chuaidh è ſteach, mar bu ghnà' leis, air là na ſàbaid d'an ſionagog; agus dh'eirich ſe 'n a ſheaſamh chum leughaidh.

17 Agus thugadh dha leabhar an fhàidh Eſaias; agus air foſgladh an leabhair dha, fhuair è 'n t àite ann s an raibh è ſgriobhta,

18 'Ta Spiorad an Tighearna orm, air ſon gu'n d' ung è mi a ſhearmonachadh an t ſoiſgeil do na bochdaibh, chuir ſe mi a ſhlànuchadh na muintir aig am bheil an croidhe briſte, * a ghairm fuaſglaidh do na braighdibh, agus aiteag an radhairc do na dallaibh, a thoirt ſaorſa do 'n mhuintir ata brùite,

19 A ſhearmonachadh bliadhna thaitneach an Tighearna.

20 Agus air dùnadh an leabhair dha, thug è do 'n fhear-frithealaidh è, agus ſhuidh ſè: agus bha ſùile na bha ſan t ſionagog uile a' geurbheachdachadh air-ſe.

21 Agus thionnſgain è radh riu, 'N diu ata 'n ſgriobtuir ſo air a choi'-lionadh ann bhur cluaſaibh-ſe.

22 Agus thug iad uile fia'nais da, agus ghabh iad iongantas ris na briathraibh gràs-mhor a thainig amach as a bheul. Agus a dubhairt ſiad, Nach è ſo mac Ioſeph?

23 Agus a dubhairt ſè riu, Gun amharus a deir ſibh rium an gnàthfhocal ſo, A léigh, leighis thu fein: ge b'è air bith iad na nithe a chuala ſinn a rinneadh *leat* ann Capernaum, dean mar an ceudna iad ann ſo a' d' dhùthaich fein.

24 Agus a dubhairt ſè, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil faidh air bith taitneach 'n a dhùthaich fein

25 Ach gu fìrinneach a deirimſe ribh,

* a ſhearmonachadh.

ribh, gu'n raibh mòran bhaiu-treabhach ann Ifrael ann laithibh Eliais, 'n uair a dhruideadh neamh rè thri bliadhna agus fhea mìofa, agus a bha gorta mhòr air feadh na talmhain uile:

26 Ach nior chuireadh Elias dh'ionnfuidh h aon aca, ach gu Sarepta na Sidoin, chum mnà a bha 'na bain-treabhaich.

27 Agus bha mòran lobhar ann an Ifrael re linn Elifeus an fhàidh: agus cha do ghlanadh a h aon aca, ach Naaman an Sirianach.

28 Agus lionadh iadfan uile a bha fan t fionagog le feirg, 'n uair a chual' iad na nithe fin,

29 Agus air eirigh fuas doibh, thilg iad amach as a' bhaile è, agus thug iad leo è gu *maluidh a' chnoic (air an raibh am baile togta) chum a thilgeadh fios ann coinneamh a chinn.

30 Ach air gabhail dha-fa tre am meadhon, dh'fhalbh fè:

31 Agus chuaidh è fios gu Capernaum, baile do 'n Ghalilee, agus bha è 'g an teagafg air laithibh na fabaid':

32 Agus ghabh iad iongantas r'a theagafg: do bhri' gu'n raibh fhocal le cumhachd.

33 Agus bha ann fan t fionagog duine ann san raibh fpiorad deamhain neo-ghloin, agus ghlaodh è le guth mòr,

34 Ag radh, Leig leinn; ciod è ar gnothuch-ne riut, Iofa o Nafaret? an d'thainig thu g' ar fgrios? ata fhios agam co thu; Aon naomha Dhe.

35 Agus chronaich Iofa è, ag radh, Bi d' thofd, agus thig amach as. Agus air do'n deamhan eifean a thilgeadh fios 'nam meadhon, thainig è 'mach as, gun chiurra fam bith a dheanamh air.

36 Agus thainig uathbhas orra uile, agus labhair iad r'a chéile, ag radh, Ciod a' ghnè cainnte fo? Oir le h ùghdarras agus cumhachd ata è toirt òrduigh do na Spioradaibh neo-ghlana, agus ata iad a' teachd amach.

37 Agus chuaidh iomradh air-fin amach feadh gach àite do 'n dùthaich m'an cuairt.

38 Agus air eirigh dha as an t fionagog, chuaidh fè fteach do thigh Shimoin: agus bha fiabhrus mòr air màthair mnà Shimoin; agus chuir iad impidh air-fin air a fon.

39 Agus air dha feafamh os a ceann, chronaich fè 'm fiabhrus, agus dh'fhàg *am fiabhrus* i. Agus air eirigh dh'ife air ball, rinn fi frithealadh dhoibh.

40 Agus ag dol fuidhe na gréine, iadfan uil' aig an raibh daoine eaflan le iomadh gnè tinnis thug fiad d'a ionnfuidh iad: agus air dha-fan a làmha chur air gach aon aca, leighis fè iad.

41 Agus chuaidh mar an ceudna deamhain amach a mòran, a' glaodhaich agus ag radh, Is tu Criofd Mac Dhe. Agus chronuich fè iad, agus cha d'fhulaing è dhoibh labhairt: oir bha fhios aca gu 'm b' eifean Criofd.

42 Agus air teachd do 'n là, chuaidh eifean amach, agus dh'imich è gu àite fàs'ail: agus bha 'n fluagh 'g a iarruidh, agus thainig iad d'a ionnfuidh, agus bha iad 'g a chumail, chum s nach rachadh è uatha.

43 Ach a dubhairt eifean riu, Is eigin damh-fa rioghachd Dhe a fhearmonachadh do bhailtibh eile mar an ceudna: oir is ann chum fo a chuireadh mi.

44 Agus do fhearmonaich fè ann an fionagogaibh na Galilee.

CAIB. V.

1 *'Ta Criofd a' teagafg an t fluaigh a luing Pheadair; 4 le tarruing mhiorbhuileach éifg ata fè a' nochdadh cionnas a bha è gu Peadar agus a chompanaich a dheanamh*

† N *'nan*

* beul-bhruach a' chnoic.

'n an iafgairibh air daoinibh : 12 *a' glanadh neach a bha 'n a lobhar,* 16 *a' deanamh ùrnuigh ann fan fhàfach,* 18 *a' fhànuchadh neach a bha tinn leis a' phairilis,* 27 *a' gairm Mhatha a' phuibliocanaich, agus ag itheadh maille re peacachaibh, mar neach a bha 'n a léigh d'an anamaibh,* 34 *ag innfeadh ro-làimh trofga agus triobloideann nan abfiol 'n diaigh a dholfan fuas air neamh,* 36 *agus a' coi'-meas dheifciobul anmhunn agus mhi-mhifneachail re fean bhuideilibh, agus re fean eadach.*

AGUS tharladh, 'n uair a bha 'm pobull a' dlù'-theannadh air, chum focal De eifteachd, gu'n do fheas eifean làimh re loch' Ghenefaret,

2 Agus chunnaic è dà luing 'n an feafamh re taoibh an lochaidh: ach bha na h iafgairean air dol amach afda, agus a' nigheadh *an* lionta.

3 Agus air dha dol a fteach do aon do na longaibh bu le Simon, dh'iarr è air dol amach beagan o thìr: agus air fuidhe dha theagaifg è 'n fluagh as an luing

4 'Noife 'n uair a fguir è do labhairt, a dubhairt fè re Simon, Cuir amach chum na doimhneachd, agus leigibh fios bhur lionta chum tarruing.

5 Agus fhreagair Simon, agus a dubhairt fè ris, A mhaighifdir, fhaothraich finn feadh na h oidhch' uile, agus nior ghlac finn ni fam bith: ach air t fhocal-fa leigidh mi fios an lion.

6 Agus an uair a rinn iad fo, chuartaich iad * tachdar mòr éifg; ionnas gu'n do bhrifeadh an lion.

7 Agus fmèid iad air an companachaibh, a bha fan luing eile, teachd agus congnamh a dheanamh leo. Agus thainig iad, agus lion iad an dà luing, ionnas gu'n raibh iad ann inbhe dol fuidhe.

8 'N uair a chunnaic Simon Peadar *fo,* thuit è fios aig glùinibh Iofa, ag radh, Im'ich uamfa, a Thighearna, oir is duine peacach mi.

9 Oir ghlac uathbhas è fein agus iadfan uile bha maille ris, air fon an tarruing éifg a ghlac iad:

10 Agus mar an ceudna Seumas agus Eoin, mic Shebedee, a bha 'nan companachaibh aig Simon. Agus a dubhairt Iofa re Simon, Na biodh eagal ort; as fo fuas bithidh tu a' d'iafgair air daoinibh.

11 Agus an uair a thug iad an longa gu tìr, air fàgail nan uile nithe dhoibh, lean iad eifean.

12 Agus tharladh, 'n uair a bha eifean ann am baile àraidh, fèuch, duine làn do loibhre: agus air dha Iofa fhaicfin, thuit è fios air aghaidh, agus ghuidh fè air, ag radh, A Thighearna, ma 's toil leat, tha thu comafach air mife a ghlanadh.

13 Agus fhìn fè *a* làmh, agus bhean è ris, ag radh, Is toil leam; bio-fa glan. Agus air ball dh'fhàg an loibhre è.

14 Agus dh'àithn è dha gun innfeadh do neach air bith: Ach im'ich, agus nochd thu fein do 'n t fagart, agus ofrail air fon do ghlanaidh, mar a dh'àithn Maois, mar fhiamais doibh.

15 Ach bu mhòid a fgaoileadh iomradh-fan: agus thainig fluagh mòr ann ceann a chéile chum eifteachd, agus a bhi air an flànuchadh leis o'n ea-cailibh.

16 Agus chuaidh eifean *gu minic* fa leth chum an fhàfaich, agus rinn fè ùrnuigh.

17 Agus tharladh air là àraidh, air bhi dha-fa teagafg, gu'n raibh 'n an fuidhe *ann fin* Phairifich agus luchd teagaifg an lagha, a thainig as gach uile bhaile do 'n Ghalilee, agus do Iudea, agus *o* Ierufalem;

* àfreamh.

ſalem: agus bha cumhachd an Tighearn' *a làthair* chum an ſlànuchadh.

18 Agus feuch, dh'iomraich daoine air a leabaidh duine air an raibh am pairilis: agus dh'iarr iad a thabhairt a ſteach, agus a chur 'n a làthair.

19 Agus 'n uair nach d'fhuair iad ſeòl air am feudadh iad a thoirt a ſteach, tre mhèud na cuideachd, chuaidh iad ſuas air an tigh, agus leig iad ſios tre mhullach an tighe è fein agus a leaba, ann ſa mheadhon ann làthair Ioſa.

20 Agus 'n uair a chunnaic ſè 'n creidimh, a dubhairt ſè ris, A dhuine, 'ta do pheacaidh air am maitheamh dhuit.

21 Agus thòſaich na Sgriobhuichean agus na Phairiſich air reaſunachadh, ag radh, Co è ſo 'ta labhairt blaiſpheime? co dh'fheudas peacaidh a mhaitheamh ach Dia amhàin?

22 Ach air aithneachadh an ſmuaintidh do Ioſa, fhreagair è agus a dubhairt ſè riu, Ciod ata ſibh a' reaſunachadh 'n ar croidhibh?

23 Co aca 's uſadh a radh, Tha do pheacaidh air am maitheamh dhuit, no radh, Eirich agus im'ich?

24 Ach a chum's gu 'm bi ſios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheamh air thalamh, (a dubhairt ſè re fear na pairilis) a deirim riut, Eirich, agus tog do leaba, agus im'ich do d' thigh.

25 Agus dh'eirich ſè air ball 'n an làthair, agus thog è *an leaba* air an raibh è 'n a luidhe, agus chuaidh è d'a thigh fein, a' tabhairt glòir do Dhia.

26 Agus ghlac ua'bhas iad uile, agus thug iad glòir do Dhia, agus lionadh le h eagal iad, ag radh, Chunnaic ſinne nithe * dochreidſin an diu.

27 Agus ann diaigh nan nithe ſin, chuaidh è 'mach, agus chunnaic è puibliocanach d' am b'ainm Lebhi, 'n a ſhuidhe aig àite tog'ail na cìſe: agus a dubhairt ſè ris, Lean miſe.

28 Agus air fàgail nan uile nithe dha, dh'eirich è, agus lean ſè è.

29 Agus rinn Lebhi féiſd mhòr dha 'n a thigh fein: agus bha cuideachd mhòr do phuibliocanaibh, agus do mhuintir eile a ſhuidh maille riu.

30 Agus rinn na Sgriobhuichean agus am Phairiſich monmhor ann aghaidh a dheiſciobul-ſan, ag radh, C'ar ſon ata ſibh ag itheadh, agus ag òl maille re puibliocanaibh agus re peacachaibh?

31 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Cha'n 'eil feum acaſan ata ſlàn air an léigh: ach acaſan ata tinn.

32 Cha d'thainig miſe a ghairm nam fìrean, ach nam peacach chum aithreachais.

33 Agus a dubhairt iadſan ris, C'ar ſon ata deiſciobuil Eoin gu tric re troſg', agus a' deanamh ùrnuigh, agus mar an ceudna *deiſciobuil* nam Phairiſeach; ach ata do dheiſciobuil-ſe 'g itheadh agus ag òl?

34 Agus a dubhairt eiſean riu, Am feud ſibh a thoirt air clann ſeomair an fhir-nuadh-phòſda troſg' a dheanamh, 'm feadh ata 'm fear-nuadh-pòſda maille riu?

35 Ach thig na làithe 'n uair a bheirthear am fear-nuadh-pòſda uatha, ann ſin ni iad troſg' ann ſna laithibh ſin.

36 Agus labhair è mar an ceudna coſamhlachd riu, Cha chuir neach air bith mìor a dh' eadach nuadh air ſean eadach: no, reubaidh an t eadach nuadh è, agus cha d' thig a' mìor do n eadach nuadh ris an t ſean eadach.

37 Agus cha chuir duin' air bith fion nuadh ann ſean bhuideilibh; no,

* iongantach.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

no, briſidh am fion nuadh na buideil, agus dòirtear è fein, agus caillthear na buideil.

38 Ach 's còir fion nuadh a chur ann am buideilibh nuadha; agus bithidh iad araon tearuinte.

39 Agus ni bheil duin' air bith air dha ſean *fhion* òl, a dh' iarras air ball *fion* nuadh: oir a deir è, 'S è 'n ſean *fhion* is fearr.

CAIB. VI.

1 *'Ta Crioſd a' cronachadh doille nam phairiſeach mu thimchioll coimhead na ſàbaid', le ſgriobtuir, reaſun, agus miorbhuil,* 13 *a' taghadh dà-abſtol-deug,* 17 *a' ſlànuchadh muintir a bha tinn,* 20 *a' ſearmonachadh d'a dheiſciobluibh mu bheannachdaibh agus mallachdaibh, 'n làthair a' phobuill;* 27 *a' teagaſg cionnas is còir dhuinn gràdh a thoirt d' ar naimhdibh;* 46 *agus ag innſeadh gur còir dhuinn umhlachd dheadh oibridh a chur re eiſteachd an ſhocail, 'n t eagal ann droch là a bhuaireidh gu 'n tait ſinn, coſmhuil ris an tigh a thogadh air an talamh gun bhunadh aige.*

AGUS tharladh air * an dara là ſàbaid 'n diaigh na ceud ſàbaide, gu'n deachaidh ſè tre na h achaibh arbhair: agus ſpìon a dheiſciobuil na diaſa arbhair, agus dh'ith iad, taireis *am* bruthadh le 'n làmhaibh.

2 Agus a dubhairt cuid do na Phairiſichibh riu, C'ar ſon ata ſibh ag deanamh an ni nach 'eil ceaduichte r'a dheanamh air laithibh na ſàbaid'?

3 Agus fhreagair Ioſa iad, agus a dubhairt ſè, Nach do leugh ſibhs' an ni ſo rinn Daibhidh, 'n uair a bha ocras air fein, agus orra-ſan a bha maille ris:

4 Cionnas a chuaidh è ſteach do thigh Dhe, agus a ghlac è † arain na fiadhnuis, agus a dh'ith è fein, agus a thug ſe fòs dhoibhſin a bha maille ris, ni nach 'eil ceaduicht' itheadh ach do na ſagartaibh amhàin?

5 Agus a dubhairt ſè riu, Is Tighearna Mac an duine air an t ſàbaid fein.

6 Agus tharladh fòs air ſàbaid eile, gu'n deachaidh è ſteach do'n t ſionagog, agus gu'n do theagaiſg è: agus bha ann ſin duine, aig an raibh a làmh dheas air ſeargadh.

7 Agus rinn na Sgriobhuichean agus na Phairiſich faire air, *a dh'fhèuchain* an leighiſeadh è air an t ſàbaid: chum's gu 'm fuigheadh iad cùis-chaſaid 'n a aghaidh.

8 Ach thuig eiſean an ſmuaintidh, agus a dubhairt è ris an duine aig an raibh an làmh ſheargta, Eirich, agus ſeas amach ſa mheadhon. Agus dh'eirich eiſean, agus ſheas è.

9 Ann ſin a dubhairt Ioſa riu, Feòruichidh miſe aon ni dhibh, An còir air laithibh na ſàbaid' maith a dheanamh, no olc? anam a ſhaoradh, no a ſgrios?

10 Agus air dha amharc m'an cuairt orra uile, a dubhairt ſè ris an duine, Sìn amach do làmh. Agus rinn è ſin: agus dh'aiſigeadh a làmh ſlàn da mar an *lamh* eile.

11 Agus lionadh iadſan do chuthach; agus labhair iad r'a chéile, ciod a dheanadh iad re h Ioſa.

12 Agus tharladh ann ſna laithibh ſin, gu'n deachaidh eiſean gu beinn a dheanamh ùrnuigh, agus bhuanaich è rè na h oidhche ann an † ùrnuigh re Dia.

13 Agus air teachd do'n là, ghairm è d'a ionnſuidh a dheiſciobuil: agus thagh è da-fhear-dheug aſda, d'an ghoir ſè Abſtoil:

14 Simon (d'an ghoir è fòs Peadar) agus Aindreas a bhràthair, Seumas agus Eoin, Philip agus Bartolomeus,

15 Matha agus Tomas, Seumas *mac* Alpheus, agus Simon d'an goirthear Selotes,

16 Iu-

* i. e. an ceud là ſàbaid' 'n diaigh an dara là do fhéiſd na càiſg'. † 'n t arau taiſbeanta. ‡ tigh ùrnuigh Dhe.

16 Iudas *bràthair* Sheumais, a gus Iudas Iscariot, neach fòs a bhraith *eisean*.

17 Agus thainig è 'nuas leo, agus sheas è air ionad comhnard, agus coi'-thional a dheisciobul, agus buidheann mhòr shluaigh o Iudea uile agus o Hierusalem, agus o chois fairge Thiruis agus Shidoin, muintir a thainig g'a eisteachd, agus gu bhi air an leigheas o'n eallaintibh;

18 Agus iadsan a bha air am pianadh le spioradaibh neo-ghlana: agus leighiseadh iad.

19 Agus dh'iarr an sluagh uile beantuin ris: oir chuaidh cumhachd amach as, agus shlànuich sè iad uile.

20 Agus thog è suas a shùilean air a dheisciobluibh, agus a dubhairt sè, *Is* beannuichte *fibhse* 'ta bochd: oir is libh rioghachd Dhe.

21 *Is* beannuichte *fibhse* 'ta ocrach a nois': oir sasuichear sibh. '*S* beannuichte *fibhse* 'ta caoi a nois': oir ni sibh gàire.

22 '*S* beannuichte sibh 'nuair a bheir daoine fuath dhuibh, agus a chuireas iad as an cuideachd sibh, agus a bheir iad cainnt mhaslach *dhuibh*, agus a thilgeas iad amach bhur n ainm mar olc, air son Mhic an duine.

23 Deanaibhse gàirdeachas san là sin, agus leumaibh le h aoibhneas: oir sèuch, is mòr bhur duais air neamh: oir is ann mar sin a rinn an aithreacha air na faidhibh.

24 Ach is an-aoibhinn duibhse 'ta saibhir: oir fhuair sibh bhur sòlas.

25 Is an-aoibhinn duibhse 'ta saitheach: oir bithidh ocras oirbh. Is an-aoibhinn duibhse 'ta gaireachdaich a nois': oir ni sibh bròn agus gul.

26 'S an-aoibhinn duibhse 'nuair a labhras na h uile dhaoine maith umaibh: oir is ann mar sin a rinn an aithreacha ris na faidhibh bréige.

27 Ach a deirim ribhse 'ta 'g eisteachd, Gràdhaichibh bhur naimhde, deanaibh maith orra-sa le 'm fuathach sibh:

28 Beannuichibh iadsan ata 'gar mallachadh, agus deanaibh ùrnuigh air son na muintir ata buntain gu naimhdeil ribh.

29 An ti bhuaileas tu air *aon* ghial, cum an gial eile ris mar an ceudna: agus an ti bheir do chlòca dhiot, na bac dheth do chòta fòs.

30 Tabhair do gach neach a dh'iarras ort; agus o'n neach a bheir uait do mhaoin, na iarr air ais *è*.

31 Agus mar a b'àill libhse daoine dheanamh dhuibh, deanaibhse dhoibh mar an ceudna.

32 Oir ma ghràdhaicheas sibh iadsan aig am bheil gràdh dhuibh, creud am buidheachas 'ta agaibh? Oir gràdhaichidh peacaich fein an droing aig am bheil gràdh dhoibh.

33 Agus ma ni sibh maith do'n mhuintir a ni maith dhuibh, creud am buidheachas 'ta agaibh? oir ni peacaich an ni so fein mar an ceudna.

34 Agus ma bheir sibh * iasachd dhoibhsin o'm bheil dùil agaibh re fhaghail a-rìs, creud am buidheachas ata agaibh? oir bheir peacaich fein iasachd do pheacachaibh, chum 's gu 'm fuigh siad uiread a-rìs.

35 Ach gràdhaichibhs' bhur naimhde, agus deanaibh maith, agus thugaibh iasachd gun dùil a bhi agaibh re ni sam bith 'na éiric: agus bithidh bhur duais mòr, agus bithidh sibh 'nar cloinn aig an Ti a's àirde: oir ata eisean tabhartach dhoibhsin ata mi-thaingeil agus olc.

36 Bithibhse uime sin tròcaireach, mar ata bhur n Athair fòs tròcaireach.

37 Agus na tugaibh breith, agus cha toirear breith oirbh: na dìtibh, agus cha dìtear sibh: thugaibh maitheanas, agus bheirthear maitheanas dhuibh:

38 Thu-

* coinghioll.

38 Thugaibh uaibh, agus bheirthear dhuibh ; deadh thomhas, air a ghleinneadh, agus air a chratha' re chéile, agus ag cur thairis, bheir daoine ann bhur n uchd: oir leis an tomhas a thomhaiſeas ſibh, tomhaiſear dhuibh a-rìs.

39 Agus labhair ſè coſamhlachd riu, Am feud an dall dall a threòrachadh ? 'n è nach tuit iad faraon ſan * dìge ?

40 Cha 'n 'eil an deiſciobul os ceann a mhaighiſdir : ach ge b'è neach ata coï'-lionta, bithidh ſè mar a mhaighiſdir.

41 Agus c'ar ſon ata thu faicſin an caimein ata ann ſùil do bhràthar, agus nach 'eil thu toirt fainear an t ſail ata ann do ſhùil fein ?

42 No cionnas a dh'fheudas tu radh re d' bhràthair, A bhràthair, leig dhamh an † caimein thoirt a' d' ſhùil, agus nach 'eil thu toirt fainear an t ſail ata ann do ſhùil fein? A chealgoir, tilg amach air tùs an t ſail as do ſhùil fein, agus ann ſin is léir dhuit gu ſoilleir an caimein ata ann an ſùil do bhràthar a thoirt aiſde.

43 Oir cha 'n 'eil deadh chraobh ſam bith, a bheir amach droch thoradh : no droch chraobh, a bheir amach deadh thoradh.

44 Oir aithnichear gach craobh air a toradh : oir cha tionail daoine fìgeis do dhroighionn, no caorann fiona do'n fhearr-dhris.

45 Bheir duine maith ni maith amach a deadh ionmhas a chroidhe : agus bheir droch dhuine ni olc amach a droch ionmhas a chroidhe : oir is ann a pailteas a' chroidhe a labhras a bheul.

46 Agus c'ar ſon a ghoireas ſibh, a Thighearna, a Thighearna, dhiomſa, agus nach dean ſibh na nithe a deirim ?

47 Gach uile neach a thig a' m' ionnſuidhs', agus a chluinneas mo bhriathra, agus a ni iad, fèuchaidh mi dhuibh cia ris is coſmhuil è.

* t ſloc. † ſmuirnéin.

48 'S coſmhuil è re duine a thog tigh, agus a chladhaich domhain *ſan talamh*, agus a chuir a bhunait air craig : agus 'n uair a thainig an tuil, bhuail an ſruth gu dian air an tigh ud, agus cha b' urradh è charachadh : oir bha ſè air a ‡ ſhuidheachadh air carraig.

49 Ach an ti a chluinneas, agus nach dean, 's coſmhuil è re duine a thog tigh air an talamh gun bhunait, air an do bhuail an ſruth gu dian, agus air ball thuit è ; agus bu mhòr tuiteam an tighe ud.

CAIB. VII.

1 *Air do Chriosd creidimh bu mhò fhaghail ann an Caiptin cheud a bha 'na Gheintileach, na ann aon neach do na h Iudhachaibh,* 10 *leighis è ſheirbhiſeach gun teachd d'a ionnſuidh:* 11 *Tha è tog'ail ſuas o'n bhàs mac na baintreabhaich ann Nain,* 19 *a' dearbhadh do theachdairibh Eoin, le oibribh miorbhuileach a rinn è 'n an làthair, gur b'è ſein an Criosd a bha re teachd,* 24 *toirt fa'nais do'n phobull ciod i a bhar'ail mu Eoin,* 30 *a' labhairt ann aghaidh nan Iudhach, muintir nach raibh modhanna Eoin no Iosa comaſach air an coſnadh,* 36 *agus a' nochdadh leis a ghiulan a thaobh Mhuire Mhagdalen, cionnas ata è 'na charaid do pheacachaibh, a' toirt maitheamhnais doibh, air dhoibh aithreachas a dheanamh, agus creidſin ann ſein.*

'NOIS' 'n uair a chriochnaich è a bhriathra-ſan uile ann an eiſteachd a' phobuill, chuaidh è ſteach do Chapernaum.

2 Agus bha ſeirbhiſeach Caiptin cheud àraidh, a b' ionmhuinn leis, gu tinn, agus re h uchd bàis.

3 Agus air cluinntin mu Ioſa dha, chuir è ſeanoiridh nan Iudhach d'a ionnſuidh, ag cur impidh air gu 'n d' thigeadh è, agus gu 'n leighiſeadh è a ſhearbhant.

‡ ſteidheachadh.

4 Agus

4 Agus 'n uair a thainig iad gu h Ioſa, ghuidh iad air gu dùrachdach, ag radh, Gu 'm b' airidh è gu 'n deanadh eiſean ſo dha;

5 Oir is toigh leis ar cinneachne, agus thog è dhuinn ſionagog.

6 Agus chuaidh Ioſa maille riu. Ach air dha bhi 'noiſe fogus do'n tigh, chuir an Caiptin cheud càirde d'a ionnſuidh, ag radh ris, A Thighearna, na cuir dragh ort fein, oir cha 'n fhiu miſe gu'n rachadh tu ſteach fa m' chleith.

7 Uime ſin ni mò a mheas mi gu 'm b' fhiu mi ſein teachd a' t ionnſuidh: ach *amhàin* abair am focal, agus ſlànuichear m' òglaoch.

8 Oir is duine miſe fein air mo chur fa ùghdarras, aig am bheil ſaighd-fheara fum, agus a deirim ris an fhear ſo, Im'ich, agus im'ichidh ſe: agus re fear eile, Thig, agus thig è: agus re m' ſheirbhiſeach, Dean ſo, agus ni ſe è.

9 Agus air cluinntin nan nithe ſo do Ioſa, ghabh ſe iongantas ris, agus air tionnda' dha, a dubhairt ſe ris an t ſluagh a lean è, A deirim ribh, nach d'fhuair mi creidimh co-mòr as ſo, ann an Iſrael fein.

10 Agus air pilltin air an ais do'n tigh do na teachdairibh a chuireadh *d'a ionnſuidh*, fhuair iad an ſeirbhiſeach a bha tinn, ſlàn.

11 Agus tharladh an là 'na dhiaigh ſin, gu 'n deachaidh è chum baile d' an goir'ear Nain; agus chuaidh mòran d'a dheiſciobluibh maille ris, agus ſluagh mòr.

12 'Noiſe 'n uair a thainig è 'm fogus do gheat' a' bhaile, fèuch, ghiulaineadh amach duine marbh, aon mhac a mhàthar, agus bu bhain-trea'ch i: agus bha ſluagh mòr do *mhuintir* a' bhaile maille ria.

13 Agus 'n uair a chunnaic an Tighearn' i, ghabh è truas mòr dith, agus a dubhairt ſe ria, Na guil.

14 Agus thainig è agus bhean ſè ris a' * ghiulan, (agus ſheas iadſan a bha 'ga iomchar) agus a dubhairt ſe, Oganaich, a deirim riut, eirich.

15 Agus dh'eirich an duine bha marbh 'na ſhuidhe, agus thòſaich è air labhairt: agus thug è d'a mhàthair è.

16 Agus ghlac eagal *iad* uile: agus thug iad glòir do Dhia, ag radh, Dh'eirich faidh mòr 'nar meaſg-ne; agus, Dh'amhairc Dia air a phobull fein.

17 Agus chuaidh 'n t iomradh ſo 'mach air-ſin air feadh Iudea uile, agus na dùthcha m'an cuairt uile.

18 Agus dh'innis a dheiſciobuil do Eoin mu thimchioll nan nithe ſin uile.

19 Agus ghairm Eoin d'a ionnſuidh dias àraidh d'a dheiſciobluibh, agus chuir ſe iad gu h Ioſa, ag radh, An tuſa eiſean a bha re teachd, no 'm bi ſùil againn re neach eile.

20 Agus air teachd do na daoinibh d'a ionnſuidh, dubhairt ſiad, Chuir Eoin Baiſde ſinne a' d' ionnſuidh, ag radh, An tuſa 'n ti bha re teachd, no 'm bi ſuil againn re neach eile?

21 Agus ann ſan uair ſin fein leighis è mòran o 'n eaſlaintibh agus o 'm plàighibh, agus o dhroch ſpioradaibh, agus thug ſe 'n radharc do mhòran a bha dall.

22 Agus fhreagair Ioſa, agus a dubhairt ſe riu, Im'ichibhſe agus innſibh do Eoin na nithe a chunnaic agus a chuala ſibh, gu 'm bheil na doill a' faicſin, na bacaich ag im'eachd, na lobhair air an glanadh, na bodhair a' cluinntin, na mairbh air an dùſgadh, *àgus* an ſoiſgeul air a ſhearmonachadh do na bochdaibh.

23 Agus is beannuicht' eiſean nach fuigh oilbheum ionnamſa.

24 Agus 'n uair a dh'fhalbh teachd-

* chiſle mhaibh.

teachdairean Eoin, thòsaich è air labhairt ris an t sluagh mu thimchioll Eoin, Creud an ni a chuaidh sibh amach do'n fhàsach a dh'fhaicsin? an i cuilc' air a crathadh leis a' ghaoith?

25 Ach ciod è an ni chuaidh sibh amach a dh'fhaicsin? an è duine air a sgeudachadh ann an eadach mìn? feuch, iadsan ata sgeudaichte le eadach uasal, agus a' caithe' am beatha gu sòghail, is ann an cùirtibh nan righridh ata siad.

26 Ach ciod è an ni chuaidh sibh amach a dh'fhaicsin? an è faidh? seadh, a deirim ribh, agus ni 's mò na faidh.

27 'S è so 'n ti mu 'm bheil è sgriobht', Feuch, cuiream mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh' ull'uicheas do shlighe romhad.

28 Oir a deirim ribh, A' measg nan daoin' a rugadh le mnaibh, cha'n 'eil faidh a's mò na Eoin baisde: gidheadh an ti a's lugha ann an rioghachd Dhe, is mò è na eisean.

29 Agus dh'fhìreanaich am pobull uile a chual' è, agus na puibliocanaich Dia, air dhoibh bhi air am baisteadh le baisdeadh Eoin.

30 Ach chuir na Phairisich agus an luchd-lagha cùl re comhairle Dhe 'nan aghaidh fein, 'm feadh nach do bhaisteadh iad leis.

31 Agus a dubhairt an Tighearna, Co ris uime sin a shamhlaicheas mi daoine a' ghinealaich so? agus co ris ata iad cosmhuil?

32 Ata iad cosmhuil re cloinn ata 'nan suidhe sa mhargadh, agus a dh'éigheas r'a chéile, ag radh, Rinn sinne pìobaireachd dhuibhse, agus cha d' rinn sibh damhsa: rinn sinne caoine dhuibhse, agus cha d' rinn sibhse gul.

33 Oir thainig Eoin Baisde, cha 'n ann ag itheadh arain, no 'g òl fiona; agus a deir sibh, Ata deamhan aige.

34 Thainig Mac an duine ag itheadh 's ag òl; agus a deir sibh, Fèuch, duine geòcach agus pòitearfiona, caraid phuibliocanach agus pheacach.

35 Ach ata Gliocas air a fìreanach' leis a cloinn uile.

36 Agus dh'iarr duine àraidh do na Phairisichibh air, gu 'n itheadh è biadh maille ris. Agus chuaidh è steach do thigh an Phairisich, agus shuidh è sios chum bìdh.

37 Agus fèuch, 'n uair a fhuair bean ann sa bhaile, a bha 'n a peacach, fios gu 'n raibh è 'n a shuidhe aig biadh ann an tigh an Phairisich, thug i leatha bocsa alabastair *làn do* ola *cùbhraidh*,

38 Agus sheas i aig a chosaibh air a chùl-thaobh a' gul, agus thòsaich i air a chosan a fhliuchadh leis a deuraibh, agus thiormaich si *iad* le gruag a cinn, agus phòg i chosa, agus dh'ung i leis an ola iad.

39 Agus an uair a chunnaic am Phairiseach a thug cuireadh dhasan *fo*, labhair sè ann fein, ag radh, Nam b' fhàidh an duine so, bhiodh fhios aige co i a' bhean so 'ta beantuin ris, agus ciod is gnè dh'i: oir is peacach i.

40 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt sè ris, A Shimoin, ata ni agam re radh riut. Agus a dubhairt eisean, A mhaighistir, abair romhad.

41 Bha aig fear-fiacha àraidh dias do fhéichneinibh: bha aige air aon fhear cuig ceud peghinn, agus air an fhear eile leth-cheud.

42 Agus do bhri' nach raibh aca ni leis an dìoladh iad, mhaith è gu saor dhoibh faraon. Innis damhsa uime sin, co aca 's mò a ghràdhaicheas è?

43 Agus fhreagair Simon agus a dubhairt sè, 'S i mo bharail gur è neach is mò d' an do mhaith è. Agus a dubhairt sè ris, 'S ceart a thug thu breith.

44 Agus

44 Agus air tionnda' dha ris a' mhnaoi, a dubhairt fè re Simon, Am faic thu bhean fo? thainig mi fteach do d' thigh, cha d' thug thu dhamh uifge chum mo chos: ach dh'ionnlaid ife mo chofa leis a deuraibh, agus thiormaich fi *iad* le folt a cinn.

45 Cha d'thug thu dhamh pòg: ach o thainig mi ftigh, cha do fguir ife a phògadh mo chos.

46 Cha d'ung thu mo cheann le h ola: ach dh'ung ife mo chofa le h ola *cùbhraidh*.

47 Uime fin a deirim riut, Gu 'm bheil a peacaidh ata lionmhor, air am maitheamh dh'i; oir ghràdhaich fi gu mòr: ach ge b'è neach d'am maithear beagan, bithidh a ghràdh beag.

48 Agus a dubhairt fè ria, Tha do pheacaidh air am maitheamh dhuit.

49 Agus thòfaich iadfan a bha 'n an fuidhe aig biadh maille ris, air a radh ionnta fein, Co è fo ata eadhon a' maitheamh peacaidh?

50 Agus a dubhairt fè ris a' mhnaoi, Shlànuich do chreidimh thu; im'ich ann sìth.

CAIB. VIII.

1 'Ta mnài a' *frithealadh do Chriofd le am maoin.* 4 *Ata Criofd, tairéis da fearmoin a dheanamh o àite gu h àite, agus è air a leantuin le abfiolaibh, a' labhairt parabail an t fioladoir,* 16 *agus na coinnle,* 21 *ag cur ann céill co iad a mhàthair, agus a bhràithre,* 22 *a' cronachadh na gaoithe,* 26 *a' tilgeadh amach a duine legion do dheamhnaibh, a chuaidh 'n diaigh fin a fteach do threud mhuc,* 37 *air a dhiultadh leis na Gadarencachaibh,* 43 *a' leigheas na mnà air an raibh dòrtadh fola,* 49 *agus a tog'ail o'n bhàs inghean Iairuis.*

AGUS tharladh ann diaigh fin, gu'n d'imich eifean tre gach caithir agus baile, a' fearmonachadh, agus a' cur ann céill foifgeul rioghachd Dhe: agus an dà-fhear-dheug 'na fhochair;

2 Agus mnài àraidh a leighifeadh o dhroch fpioradaibh agus o ea-flaintibh, Muire d' an goir'ear Magdalen, as an deachaidh feachd deamhain,

3 Agus Ioanna bean Chufa ftiobhard Ioraith, agus Sufanna, agus mòran eile, a bha frithealadh dha le am maoin.

4 Agus 'nuair a chruinnich fluagh mòr, agus a thainig iad as gach baile d'a ionnfuidh, labhair è ann an cofamhlachd riu:

5 Chuaidh Sioladair amach a chur a fhìl: agus ag cur da, thuit cuid re taoibh an ròid, agus fhaltradh fios è, agus dh'ith èunlaith an aidheir fuas è.

6 Agus thuit cuid eil' air carraig, agus air fàs da, fhearg fè, do bhri' nach raibh fùgh aige.

7 Agus thuit cuid eile a' meafg droighinn, agus air fàs do 'n droighionn maille ris, thachd fè è.

8 Agus thuit cuid eile air talamh maith, agus dh'fhàs è fuas, agus thug è toradh uaithe a cheud uiread *'s a chuireadh.* Agus air dha na nithe fin a radh, ghlaodh è, Ge b'è aig am bheil cluafa chum eifteachd, eifdeadh è.

9 Agus dh'fhiofraich a dheifciobuil deth, ag radh, Creud è an cofamhlachd fo?

10 Agus a dubhairt eifean, Thugadh dhuibhfe eòlas fhaghail air rùn diomhair Rioghachd Dhe: ach do chàch ann cofamhlachdaibh; ionnas aig faicfin doibh nach faiceadh iad, agus ag cluinntin doibh nach tuigeadh iad.

11 Ach is è fo an cofamhlachd: Is è 'n fiol focal De.

12 Iadfan re taoibh an ròid, is iad fin a dh'eifdeas: 'n a dhiaigh

O † fin

fin ata 'n Diabhol a' teachd, agus a' tog'ail air falbh an fhocail as an croidhibh, 'n t eagal gu'n creideadh iad agus gu 'm biodh iad air an sabhaladh.

13 An dream air a' charraig, *is iad fin iadsa*', 'n uair a dh'eisdeas iad, a ghabhas am focal d'an ionnsuidh le gairdeachas; agus cha 'n 'eil aca so sreumh, *muintir* a chreideas rè tamuill, agus ann àm buaireidh ata tuiteam air falbh.

14 Agus an ni ud a thuit a' measg droighinn, is iad fin an dream a dh'eisdeas, agus air dhoibh dol amach, ata siad air an tachdadh le cùram, agus le saibhreas, agus le saimhe na beatha *so*, agus ni 'm bheil iad a' toirt toraidh uatha chum foirfeachd.

15 Ach an ni ud *a thuit* san talamh mhaith, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal eisdeachd, ata 'g a choimhead ann an croidhe trei'-dhireach agus maith, agus a' toirt toraidh uatha le foighidin.

16 Cha 'n 'eil neach air bith, air dha coinneal a lasadh, a dh'fholuicheas sa shoitheach i, no chuireas sa leabaidh *i*: ach cuiridh se ann coinnleir i chum's gu 'm faic iads' a thig a stigh an solus.

17 Oir ni bheil ni sam bith folaichte, nach deanar follasach: no uaigneach, nach aithnichear, agus nach d' thig os àird.

18 Air an àdhbhar sin thugaibh fainear cionnas a dh'eisdeas sibh: oir ge b'è neach aig am bheil, bheir'ear dha; agus ge b'è neach aig nach 'eil, bheir'ear uaithe eadhon an ni sin a shaoilear a bhi aige.

19 Ann sin thainig d'a ionnsuidh a mhàthair agus a bhràithre, agus cha b'urradh iad teachd am fogus da leis an dòmhlas.

20 Agus dh'innseadh dha le *dream àraidh*, a dubhairt, Ata do mhàthair agus do bhràithre 'n an seasamh a muigh, ag iarraidh t fhaicsin.

21 Agus fhreagair eisean agus a dubhairt se riu, 'S iad mo mhàthair agus mo bhràithre iadsan a dh'eisdeas focal De, agus a ni è.

22 Agus tharladh air là àraidh, gu 'n deachaidh è fein agus a dheisciobuil a stigh do luing: agus a dubhairt se riu, Rachamaid thairis gu taobh thall an lochaidh. Agus chuir iad amach *o thìr*.

23 Ach ag seòladh dhoibh, thuit codal air-sin: agus thainig stoirm ghaoithe anuas air an loch', agus lionadh iad le h huisge, agus bha iad ann an gàbha'.

24 Agus thainig iad d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad è, ag radh, A mhaighistir, a mhaighistir, ata sinn caillte. Ann sin dh'eirich eisean, agus chronuich se ghaoth, agus onsa an uisge: agus sguir iad, agus thainig ciuineas ann.

25 Agus a dubhairt se riu, C'àit'am bheil bhur creidimh? agus air dhoibh bhi fa eagal, ghabh iad iongantas, ag radh r'a chéile, Ciod a' ghnè dhuine so? oir ata se toirt àithne do na gaothaibh, agus do 'n uisge fein, agus ata siad umhal dha.

26 Agus thainig iad air tìr aig dùthaich nan Gadareneach, ata thall sa chomhair na Galilee.

27 Agus an uair a chuaidh è 'mach air tìr, choinnich duine àraidh as a' bhaile è, ann san raibh deamhain rè aimsir fhada, agus aig nach biodh eadach uime, agus nach fanadh ann an tigh, ach ann sna tuamaibh.

28 'N uair a chunnaic è Iosa, ghlaodh è 'mach, agus thuit è sios 'na làthair, agus a dubhairt se le guth àrd, Creud è mo ghnothuch riutsa, Iosa, a Mhic an De a's roàirde? guidheam ort, na pian mi.

29 (Oir bha è air toirt àithne do 'n spiorad neo-ghlan dol amach as

as an duine. Oir bu tric a rug è gu naimhdeil air: agus cheangladh è le slàbhruidhibh, agus choimheadadh ann geimhlibh è; agus air briseadh *a* chuibhreacha dha, dh' iomaineadh è leis an deamhan do 'n fhàsach.)

30 Agus dh'fheòraich Iosa dheth, ag radh, Creud is ainm dhuit? agus a dubhairt eisean, Legion: do bhri' gu 'n deachaidh mòran dheamhan a steach ann.

31 Agus ghuidh iad air, gun àithne thoirt doibh dol sios do 'n doimhneachd.

32 Agus bha treud lionmhor do mhucaibh ann sin, ag inealtradh air sliabh: agus ghuidh iad air cead a thoirt doibh dol a steach ionnta. Agus thug è cead doibh.

33 Ann sin air dol do na deamhnaibh amach as an duine, chuaidh iad ann sna mucaibh: agus ruidh an treud mhuc gu dian sios le àite corrach do'n locha, agus thachdadh iad.

34 Agus 'nuair a chunnaic an dream a bha 'g am biadhadh an ni a rinneadh, theich iad, agus chuaidh iad agus dh'innis iad *è* ann sa bhaile agus ann san dùthaich.

35 Agus chuaidh iads' amach a dh'fhaicsin an ni a rinneadh; agus thainig iad gu h Iosa, agus fhuair iad an duine as an deach' na deamhain, 'na shuidhe aig cosaibh Iosa, air eadachadh, agus è 'na chéill: agus ghabh iad eagal.

36 Agus dh'innis an dream a chunnairc è dhoibh, cionnas a shlànuicheadh an duine san raibh na deamhain.

37 Ann sin dh'iarr muintir dùthcha nan Gadareneach uile air-sin, im'eachd uatha; oir ghlacadh le h eagal mòr iad: agus chuaidh è san luing, agus phill è air ais a-rìs.

38 'Noise ghuidh an duine as an deach' na deamhain air, è fein a bhi maille ris: ach chuir Iosa uaithe è, ag radh,

39 Pill do d' thigh fein, agus cuir ann céill mèud nan nithe rinn Dia dhuit. Agus dh'imich è roimhe, ag innseadh gu follasach air feadh a' bhaile uile, mèud nan nithe rinn Iosa dha.

40 Agus tharladh, 'nuair a phill Iosa air ais, gu'n do ghabh an sluagh *gu toileach* ris: oir bha iad uile 'g a fheitheamh.

41 Agus feuch, thainig duine d'am b' ainm Iairus, a bha 'na uachdaran air an t sionagog: agus thuit è aig cosaibh Iosa, agus ghuidh se air gu 'n d' thigeadh è d'a thigh:

42 Do bhri' gu'n raibh aon-ghin inghinn aige, mu thimchioll dà-bhliadhna dheug, agus i faghail bàis. (Ach air bhi ag im'eachd dha, bha 'n sluagh 'g a theannadh.

43 Agus *thainig* bean air an raibh dòrta fola dà-bhliadhna-dheug, agus a chaith a beathacha' uile re léighibh, agus nach b' urradh bhi air a leigheas le neach air bith,

44 Thainig *ise* air a chùlthaobh, agus bhean i re h iomall eadaich: agus sguir a dòrta' fola air ball.

45 Agus a dubhairt Iosa, Co bhean rium? Air àich-sheunadh do gach uile, a dubhairt Peadar, agus iadsan a bha 'na fhochair, ris, A mhaighistir, ata 'n sluagh ga d' dhòmhlachadh, agus ga d' theannadh, agus an abair thu, Co bhean rium?

46 Agus a dubhairt Iosa, Bhean neach eigin rium: oir mhothaich mi cumhachd a' dol asam.

47 Agus 'nuair a chunnaic a' bhean nach raibh i 'n ain-fhios, thainig i air chrith, agus ag sleuchdadh dha-san, dh'innis i dha c'ar son a bhean i ris, ann làthair an t sluaigh uile, agus mar a shlànuicheadh i gu grad.

48 Agus

48 Agus a dubhairt eisean ria, Inghean, biodh misneach agad: shlànuich do chreidimh thu; im'ich ann sìth.)

49 'M feadh 's a bha è fòs a' labhairt, thainig neach o *thigh* Uachdarain na sionagoige, ag radh ris, 'Ta d' inghean marbh; na cuir dragh air a' mhaighistir.

50 Ach air cluinntin *so* do Iosa, shreagair sè è, ag radh, Na biodh eagal ort: amhàin creid, agus bithidh si air a slànuchadh.

51 Agus 'nuair a chuaidh è steach do 'n tigh, cha do leig è le neach air bith dol a stigh, ach Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus athair agus màthair na h inghin.

52 Agus bha gach uile a' gul, agus 'g a caoineadh-sa: ach a dubhairt eisean, Na guilibh; cha 'n 'eil i marbh, ach 'na codal.

53 Agus rinn iad gàir' a' fanoid air, do bhri' gu'n raibh fhios aca gu'n raibh i marbh.

54 Agus air dha an cur amach uile, ghlac sè air làimh i, agus ghlaodh è, ag radh, Inghean, eirich.

55 Agus thainig a spiorad air ais a-rìs, agus dh'eirich si air ball: agus dh'àithn è bidh a thoirt d'i.

56 Agus ghabh ua'bhas mòr a pàranta': ach thug eisean àithne dhoibh gun an ni a rinneadh innseadh do neach air bith.

CAIB. IX.

1 *'Ta Criosd a' cur amach abstol dh'oibreachadh miorbhuile, agus a shearmonachadh.* 7 *'Ta togradh aig Ioraith Criosd fhaicsin.* 17 *'Ta Criosd ann diaigh searmonachadh do'n t sluagh, toirt lòin do chuig mìle aca gu miorbhuileach,* 22 *ag innseadh fhulangais ro'-làimh,* 23 *'g innseadh do gach uile le 'm b'àill bhi 'nan deisciobuil da, gur eigin doibh eisiomplairs' a leantuin.* 28 *Atharrach' a chrutha air an t sliabh.* 37 *'Tha è slànuch' an leinibh air an raibh an tuiteamas,* 43 *agus a-rìs toirt rabhaidh d'a dheisciobluibh mu thimchioll fhulangais,* 46 *agus a' motadh iriosiachd dhoibh,* 51 *'g iarraidh orra bhi bàigheil ris gach uile, gun togra' dioghaltais.* 57 *B'àill le iomadh neach a leantuin, ach air chùmhnantaibh.*

AGUS ghairm sè a dhà-dheisciobul-deug ann ceann a chéile, agus thug è cumhachd agus ùghdarras doibh air na h uile dheamhnaibh, agus chum easlaintidh a leigheas.

2 Agus chuir è 'mach iad a shearmonachadh rioghachd Dhe, agus a shlànuchadh nan daoine ea-slan.

3 Agus a dubhairt se riu, Na tugaibh ni air bith leibh chum na slighe, bataidh no màla, no aran, no airgiod; ni mò bhios dà chòta aig gach fear agaibh.

4 Agus ge b'è air bith tigh ann san d' theid sibh a steach, fanaibh ann sin, agus as sin rachaibh amach.

5 Agus co air bith iad nach gabh ribh, air dhuibh dol amach as a' bhaile sin, crathaibh dhibh eadhon duslach bhur cos mar fhia'nais 'n an aghaidh.

6 Agus chuaidh iads' amach, agus ghabh iad tre na bailtibh, a' searmonach' an t soisgeil, agus a' leigheas ann s gach àite.

7 Agus chual' Ioraith an Tetrarch gach uile nithe rinneadh leis: agus bha è ann imcheist, do bhri' gu'n dubhradh le cuid, gu'n raibh Eoin air eirigh o na marbhaibh:

8 Agus le cuid, gu'n d' fhoillsicheadh Elias: agus le cuid eile, gu'n raibh aon do na sean fhàidhibh air eirigh a-rìs.

9 Agus a dubhairt Ioraith, Thug mis' an ceann a dh' Eoin: ach co è 'm fear so mu 'n cluinneam a

leithid

leithid ſo do nithibh? Agus dh'iarr è fhaicſin.

10 Agus air pilltin do na h abſtolaibh, dh'innis iad dha gach nithe do rinn ſiad. Agus thug è leis iad, agus chuaidh è fa leth gu àite fas'ail, a bhuineadh do'n bhaile d'an goirthear Betſaida.

11 Agus 'nuair a fhuair an ſluagh fios *air*, lean iad è: agus ghabh è *d'a ionnſuidh* iad, agus labhair è riu mu thimchioll rioghachd Dhe, agus leighis è iadſan aig an raibh feum air leigheas.

12 Agus 'nuair a thòſaich an là air teireachdain, thainig an dà-fhear-dheug, agus a dubhairt ſiad ris, Cuir air falbh an ſluagh, chum 's gu 'n teid iad do na bailtibh agus do'n tìr m'an cuairt, agus gu 'n gabh ſiad tàmh agus gu 'm fuigh iad biadh: oir ata ſinn ann ſo ann àite fàs'ail.

13 Ach a dubhairt eiſean riu, Thugaibhſe dhoibh ni r'a itheadh. Agus a dubhairt iadſan, Cha 'n 'eil againn tuilleadh na cuig arain agus dà iaſg: mur d' theid ſinn agus biadh a cheannach' do 'n t ſluagh ſo uile.

14 Oir bha iad mu thimchioll cuig mìle fear. Agus a dubhairt ſè r'a dheiſciobluibh, Cuiribh 'nan ſuidhe iad, leth-cheud ann sgach cuideachd.

15 Agus rinn iad mar ſo, agus chuir iad 'nan ſuidhe iad uile.

16 Agus ghabh ſè na cuig arain agus an dà iaſg, agus ag amharc ſuas gu neamh, bheannuich ſè iad, agus bhris è, agus thug *ſè* d'a dheiſciobluibh iad gu 'n cur ann làthair an t ſluaigh.

17 Agus dh'ith iad, agus ſhàſuicheadh iad uile: agus thogadh dà-chliabh-dheug do bhiadh briſte, a bha dh'f huighleach aca.

18 Agus tharladh, air dha bhi re ùrnuigh fa leth, gu 'n raibh a dheiſciobuil maille ris: agus dh'fheòraich ſè dhiubh, ag radh, Co a deir an ſluagh is miſe?

19 Fhreagair iadſan agus a dubhairt ſiad, Eoin Baiſde: ach *a deir* cuid, Elias: agus cuid eile, gu bheil aon do na ſean f hàidhibh air eirigh a-rìs.

20 A dubhairt ſè riu, Ach co a deir ſibhſe is mi? Agus fhreagair Peadar, agus a dubhairt ſè, Crioſd Dhe.

21 Agus air dha ſparradh teann a thoirt doibh, dh'àithn è gun iad a dh'innſeadh ſo do neach ſam bith,

22 Ag radh, Gur eigin do Mhac an duine mòran fhulang, agus bhi air a dhiultadh leis na ſeanoiribh, agus na h àrd-ſhagartaibh, agus na ſgriobhuichibh, agus bhi air a chur gu bàs, agus air a thog'ail ſuas air an treas là.

23 Agus a dubhairt ſè riu uile, Ma 's àill le neach air bith teachd a' m' dheigh-ſe, àichſheunadh ſè è fein, agus togadh è chrann-ceuſaidh gach là, agus leanadh è mi.

24 Oir ge b'è neach ler b'àill anam a theàrnadh, caillidh ſè è: ach ge b'è neach a chailleas anam air mo ſgàth-ſa, ſaoraidh an neach ſin è.

25 Oir creud è an tairbhe do dhuine, ge do choſnadh è 'n ſaoghal gu h iomlan, agus è fein a chall, no bhi air a ſgrios?

26 Oir ge b'è neach a ghabhas nàire aſam-ſa agus as mo bhriathra, gabhaidh Mac an duine nàire dheth-ſin, 'nuair a thig è 'na ghlòir fein, agus *ann glòir* Athar, agus nan aingeal naomha.

27 Ach a deirimſe ribh gu fìrinneach, gu bheil cuid 'nan ſeaſamh ann ſo, nach blais bàs, gus am faic iad rioghachd Dhe.

28 Agus tharladh mu thimchioll ochd làith 'n diaigh nam briathra ſo, gu'n d' thug è leis Peadar,

Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus chuaidh è fuas gu ſliabh a dheanamh ùrnuigh.

29 Agus 'n uair a bha è re ùrnuigh, bha dreach a ghnùis air atharacha', agus rinneadh eadach geal agus dealrach.

30 Agus fèuch, bha dias daoine a' comhradh ris, eadhon Maois agus Elias:

31 Muintir a nochdadh ann an glòir, agus a bha labhairt m'a bhàs, a bha eifean gu choi'-lionadh ann Ierufalem.

32 Ach bha Peadar, agus iadſan bha maille ris, trom 'n an codal: agus 'n uair a dhùiſg iad, chunnaic iad a ghlòir, agus an dias daoine bha 'n an ſeaſamh maille ris.

33 Agus tharladh, 'n uair a bha iad a' dealachadh ris, gu'n dubhairt Peadar re h Iofa, A mhaighiſdir, 'S maith dhuinne bhi 'n ſo; agus deanamaid tri * pàilliunaidh, a h aon duitſe, agus a h aon do Mhaois, agus a h aon do Elias: gun fhios aige ciod a bha è 'g radh.

34 'M feadh a bha è 'g radh ſo, thainig nèul, agus chuir è ſgàil' orra: agus ghabh iad eagal 'n uair a bha iad a' dol a ſtigh ſan nèul.

35 Agus thainig guth as an nèul, ag radh, 'S è ſo mo Mhac gràdhachs', eiſdibh ris.

36 Agus 'n uair a rinneadh an guth ſo, fhuaradh Iofa 'n a aonar: agus dh'fhan iadſan 'n an tofd, agus cha d'innis iad do neach air bith ann ſna laithibh ſin aon ni do na chunnaic iad.

37 Agus † tharladh, an là 'n a dheigh ſin, 'n uair a thainig iad a nuas o'n bheinn, gu 'n do thachair fluagh mòr air.

38 Agus fèuch, do ghlaodh duine àraidh do'n t ſluagh, ag radh, A mhaighiſdir, guidheam ort, amhairc air mo mhac, oir 's è m' aon duine cloinne è.

39 Agus fèuch, ata ſpiorad a' breith air, agus ata è gu h obann ag éigheach, agus ata ſe 'g a tharruing as a chéile air chor 's gu bheil è cur cobhair amach; agus is gann a' dh'fhàgas fè è, 'g a chomh-bhruthadh.

40 Agus ghuidh mi air do dheiſciobluibh gu'n cuireadh iad amach è, agus cha b' urradh iad.

41 Agus fhreagair Iofa agus a dubhairt fè, O ghineilich mhichreid'ich agus chroſda, cia fhad' a bhios mi maille ribh, agus a dh'fhuil'geas mi fibh? Thoir ann ſo do mhac.

42 Agus 'm feadh a bha è fòs a' teachd, thilg an deamhan fios è, agus reub fè é: agus chronuich Iofa an ſpiorad neo-ghlan, agus ſhlànuich è 'n leanabh, agus thug è d'a athair è.

43 Agus ghabh iad ua'bhas uile re mòr-chumhachd Dhe: Ach air dheibh uile bhi gabhail iongantais ris na h uile nithe rinn Iofa, a dubhairt fè r'a dheiſciobluibh,

44 Taiſgibh na briathraſa ann bhur cluaſaibh: oir bithidh Mac an duine air a thoirt thairis do làmhaibh dhaoine.

45 Ach cha do thuig iadſan an comhradh ſo, agus bha è folaichte uatha, air chor is nach do mhothaich fiad da: agus b' eaglach leo ceiſd a chur air mu thimchioll a' chomhraidh ud.

46 Ann ſin dh'eirich deaſboireachd eatorra, co aca bu mhò bhiodh.

47 Agus air do Iofa fmuaintidh an croidhe fhaicfin, ghabh è leanabh, agus chuir è làimh ris fein è,

48 Agus a dubhairt fè riu, Ge b'è ghabhas an leanabh ſo ann am ainm-ſe, 'ta fè ga m' ghabhailſe: agus ge b'è neach a ghabhas miſe, 'ta fè gabhail an ti chuir uaithe mi: oir an neach is lugha 'n ar meaſg-ſa uile, bithidh eifean mòr.

49 Agus fhreagair Eoin, agus a

* bothain. † thachair.

a dubhairt fè, A mhaighisdir, chunnaic sinne duine àraidh a' tilgeadh 'mach dheamhan a' t ainmse ; agus bhac sinn è, chionn nach 'eil è 'g ar leanmhuin-se.

50 Agus a dubhairt Iosa ris, Na bacaibh è : Oir ge b'è nach eil 'n ar aghaidh, tha è leinn.

51 Agus tharladh, 'n uair a choi'lionadh làith' a ghabhail suas, shocraich è ghnùis chum dol gu Hierusalem,

52 Agus chuir è teachdairean roimh a ghnùis : agus dh'imich iadsan, agus chuaidh iad a steach do bhaile a bhuineadh do na Samaritanich, a dh' ull'uchadh air a shon.

53 Agus cha do ghabh iad ris, chionn gu'n raibh aghaidh mar gu 'm biodh è dol gu Hierusalem.

54 Agus 'n uair a chunnaic a dheisciobuil Seumas agus Eoin so, a dubhairt fiad, A Thighearna, 'n àill leat gu 'n abramaid teine a theachd a nuas o Neamh, agus an losgadh, eadhon mar a rinn Elias ?

55 Ach air dha-sa tionnda' chronuich sè iad, agus a dubhairt se, Ni bheil fhios agaibh creud a' ghnè spioraid d' am bheil sibh.

56 Oir cha d' thainig Mac an duine a sgrios anama dhaoine, ach g' an saoradh. Agus chuaidh iad gu baile eile.

57 Agus tharladh, 'n uair a bha iad ag imeachd air an tslighe, gu'n dubhairt duine àraidh ris, A Thighearna, leanaidh mise thu ge b'è àit' an d' theid thu.

58 Agus a dubhairt Iosa ris, Tha broc-luidh aig na sionnaich, agus neid aig èunlaith an aidheir, ach ni bheil àit' aig Mac an duine ann an cuir se cheann fuidhe.

59 Agus a dubhairt è re duin' eile, Lean mise : ach a dubhairt eisean, A Thighearna, leig dhamh dol air tùs agus m' athair adhlac.

60 Ach a dubhairt Iosa ris, Leig leis na mairbh am mairbh fein adhlac ; ach im'ich thus' agus searmonaich rioghachd Dhe.

61 Agus a dubhairt neach eile mar an ceudna, A Thighearna, leanaidh mise thu : ach leig dhamh air tùs mo chead a ghabhail diubhsan ata aig mo thigh.

62 Ach a dubhairt Iosa ris, Cha 'n 'eil neach air bith, a chuireas a làmh ris a' chrann-araidh, agus a shealltas 'n a dhiaigh, iomchu'idh air son rioghachd Dhe.

CAIB. X.

1 *'Ta Criosd a' cur amach a dh' aon uair 70 deisciobul a shearmonachadh.* 17 *Ag iarraidh orra bhi irioshal, agus ag innseadh dhoibh ciod è an ni ann am buineadh dhoibh gàirdeachas a dheanamh,* 21 *a' toirt buidheachais d'a Athair air son a ghràis,* 23 *a' cur ann céill staid shona a dheisciobul,* 25 *a' teagasg an fhirlagha cionnas a dh'fheudas è a' bheatha shuthain a shealbhachadh, agus ag innseadh gur còir dha na h uile neach a mheas mar a choimhearsnach, ata am feum a thròcair,* 41 *a' cronachadh Mharta, agus a' moladh Mhuire a peathar.*

'NDiaigh nan nithe sin, dh' òrduich an Tighearna mar an ceudna deichnear agus tri fichead eile, agus chuir è lion dias is dias roimh ghnùis iad, do gach baile, agus àite, ann san raibh è fein gu teachd.

2 Air an àdhbhar sin a dubhairt è riu, *'Ta* 'm fogh'ar gu sìrinneach mòr, ach *ata* an luchd oibre tearc : guidhibhse uime sin air Tighearna an fhogh'aire, luchd oibre chur amach chum fhogh'aire fein.

3 Im'ichibh : feuch, ata mise 'g ar cur amach mar uain a' measg mhadradh alluidh.

4 Na iomchairibh sporan, no màla, no bròga : agus na beannuichibh

nuichibh do neach air bith san t ſlighe.

5 Agus ge b'è tigh ann san d' theid ſibh a ſteach, abraibh air tùs, *Gu'n raibh* sìth do'n tigh ſo.

6 Agus ma bhios mac na sìth ann ſin, gabhaidh bhur sìth-ſe comhnuidh air: ach mur bi, pillidh *bhur sìth* chugaibh fein a-rìs.

7 Agus fanaibh ann ſan tigh ſin, ag itheadh agus ag òl nan nithe a bheir'ear dhuibh: oir is fiu an t oibriche a thuarasdal. Na rachaibh o thigh gu tigh.

8 Agus ge b'è baile ann san d' theid ſibh a ſteach, agus a ghabhas iad ribh, ithibh na nithe ſin a chuireas iad 'nar làthair.

9 Agus leighiſibh a' mhuintir ata ea-ſlan ann, agus abraibh riu, 'Ta rioghachd Dhe air teachd am fogus duibh.

10 Ach ge b'è baile an d' theid ſibh a ſteach, agus nach gabh ſiad ribh, air dhuibh dol amach air a ſhràidibh, abraibh,

11 Eadhon duſlach a' bhaile agaibh a lean ruinn, ata ſinne a' glanadh dhinn 'nar n aghaidh-ſe: gidheadh, biodh fhios ſo agaibh gu'n do dhruid rioghachd Dhe ribh.

12 Ach a deirimſe ribh, gur ſo-iomchair' a bhitheas è do Shodom ſan là ud, na do 'n bhaile ſin.

13 Is an-aoibhinn duit, a Chorasin, is an-aoibhinn duit, a Bhetſaida: oir nam bitheadh na h oibridh cumhachdach a rinneadh ionnaibhſe air an deanamh ann an Tirus agus ann an Sidon, is fada o'n a dheanadh iad aithreachas, 'n an ſuidhe ann ſaic eadach agus ann luaithre.

14 Ach bithidh è ni 's ſo-iomchaire do Thirus agus do Shidon ann ſa bhreitheamhnas, na dhuibhſe.

15 Agus thus', a Chapernaum, ata air t àrdachadh gu Neamh, tilgear ſios gu h ifrionn thu.

16 Ge b'è dh'eiſdeas ribh-ſe, eiſdidh ſè riumſa: agus ge b'è dhiultas *le tàir* ſibhſe, ata è ga m dhiultadh-ſa: agus an neach a dhiultas miſe, 'ta è diultadh an ti chuir uaithe mi.

17 Agus phill an deich agus an tri fichead le gàirdeachas, ag radh, a Thighearna, ata na deamhain fein fa ſmachd againne trid t ainmſe.

18 Agus a dubhairt ſè riu, Chunnaic mi Satan, mar dhealanach, a' tuiteam o Neamh.

19 Fèuch, ata mi tabhairt dhuibh cumhachd ſaltairt air naithrichibh nimhe agus air na ſcorpionaibh, agus air uile neart an nàmhaid; agus cha ghortaich ni air bith air aon dòigh ſibh.

20 Gidheadh na biodh gàirdeachas oirbh, air ſon gu bheil na ſpioraid fa 'r ſmachd: ach gu ma mò ni ſibh gàirdeachas air ſon gu bheil bhur n ainmeana ſgriobht' ann ſna neamhaibh.

21 Ann ſan uair ſin fein rinn Ioſa gàirdeachas ann a ſpiorad, agus a dubhairt ſè, 'Ta mi toirt buidheachais duit, O Athair, a Tighearna nèimh' agus talmhain, air ſon gu 'n d'fholaich thu na nithe-ſe o *dhaoinibh* glic agus tuigſeach, agus gu'n d'fhoillſich thu iad do naoidheanaibh: a ſeadh, Athair, oir is ann mar ſin a chunncas maith dhuitſe.

22 Ata na h uile nithe air an tabhairt damh-ſa le 'm Athair: agus cha 'n aithne do neach air bith co è a' Mac, ach an t Athair; no co è an t Athair, ach am Mac, agus an neach d'an toil leis a' Mhac fhoillſeachadh.

23 Agus air tionndadh r'a dheiſciobluibh, a dubhairt ſè riu os ioſal, 'S beannuichte na ſùile a chi na nithe 'ta ſibhs' a' faicſin.

24 Oir a deirim ribh, Gu 'm b' iomadh fàidhe agus righridh, ler

bu

bu mhiann na nithe-se fhaicsin ata sibhs' a' faicsin, agus nach facadh *iad;* agus na nithes' a chlàisdin ata sibhs' a' cluinntin, agus nach cualadh *iad.*

25 Agus fèuch, do sheas fear-lagha àraidh suas, 'g a bhuaireadh, agus ag radh, A mhaighistir, ciod a ni mi chum gu 'n sealbhaicheam a' bheatha mhairtheanach?

26 Agus a dubhairt sè ris, Ciod tha sgriobhta san lagh? cionnas a leughas tu?

27 Agus ag sreagairt da-san, a dubhairt sè, Gràdhaich an Tighearna do Dhia le d' uile chroidhe agus le d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uil' inntin; agus do choimhearsnach mar thu fein.

28 Agus a dubhairt eisean ris, 'S ceart a fhreagair thu: dean-sa so, agus bithidh tu beo.

29 Ach air dha-sa toil a bhi aige è fein fhìreanachadh, a dubhairt sè re h Iosa, Agus co è mo choimhearsnach?

30 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt sè, Chuaidh duine àraidh sios o Hierusalem gu Iericho, agus thuit è 'measg mheirleach, agus air dhoibh a rùsgadh, agus a lotadh, dh'imich iad rompa, air fhàgail-sin doibh leth-mharbh.

31 Agus tharladh gu 'n d' imich sagart àraidh sios air an t slighe sin; agus 'n uair a chunnairc se è, ghabh è seachad air an taobh eile do 'n t slighe.

32 Agus mar an ceudna air do Lebhiteach bhi aig an ionad sin, thainig è agus dh'amhairc sè *air,* agus ghabh è seachad air an taobh eile do 'n t slighe.

33 Ach air do Shamaritanach àraidh bhi gabhail an ròid, thainig è far an raibh eisean: agus 'n uair a chunnairc se è, ghabh e truas mòr *dheth,*

34 Agus thainig è d'a ionnsuidh, agus cheangail è suas a chreuchda, agus air dòrtadh ola agus fiona ionnta, chuir se air ainmhidh fein è, agus thug è gu tigh òsda è, agus ghabh è curam dheth.

35 Agus air an là màrach, 'n uair a dh'fhalbh è, thug è 'mach dà pheghinn *romhanach,* agus thug è do fhear an tigh òsda *iad,* agus a dubhairt se ris, Gabh cùram dheth; agus ge b'è ni tuille' chaitheas tu, 'n trà' philleas mise air m' ais, dìolaidh mi dhuit è.

36 Co a nois' do'n triur so, a shaoileas tu, bu choimhearsnach dha-san a thuit a'measg nam meirleach.

37 Agus a dubhairt eisean, An ti rinn tròcair air. Ann sin a dubhairt Iosa ris, Im'ich thus', agus dean mar an ceudna.

38 Agus tharladh, ag imtheachd dhoibh, gu'n deachaidh è steach do bhaile àraidh: agus ghabh bean àraidh d'am b'ainm Marta, d'a tigh fein è.

39 Agus bha piuthar aice d' an goirte Muire, a shuidh fos aig cosaibh Iosa, agus a bha 'g eisteachd fhocail.

40 Ach bha Marta air a rochùradh le mòran frithealaidh, agus air seasamh dhi 'n a làthair, a dubhairt si, A Thighearna, nach 'eil suim agadsa gu 'n d' fhàg mo phiuthar mise a' m' aonar re frithealadh? uime sin abair ria cuideachadh leam.

41 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt sè ria, A Mharta, a Mharta, tha thusa làn cùram, agus dragha mu thimchioll mòrain do nithibh:

42 Ach ata aon ni feumail. Agus rinn Muire roghain do 'n chuid mhaith sin, nach d' theid a thoirt uaipe.

CAIB. XI.

1 *'Ta Criosd a teagasg d'a dheisciobluibh ùrnuigh dheanamh gu bithchionta le durachd,* 11 *'g an deanamh cinnteach gu 'n toir Dia mar sin nithe maithe dhuinn:* 14 *'Tha è tilgeadh amach deamhain a bha balbh, agus ag cronachadh nan*

Phairiſeach air ſon am blaiſpheime,
28 *a' nochdadh co iad ata beannuichte*; 29 *a' ſcarmonachadh do 'n t ſluagh,* 37 *agus a' cronachadh nam Phairiſeach, nan Sgriobhuichean, agus an luchd-lagha air ſon an cos'lais dìaghachd o'n leth 'muigh.*

AGUS tharladh, air dha bhi ann an ionad àraidh re h ùrnuigh, 'nuair a ſguir è, gu 'n dubhairt neach àraidh d'a dheiſciobluibh ris, A Thighearna, teagaiſg dhuinne ùrnuigh dheanamh, mar a theagaiſg Eoin d'a dheiſciobluibh fein.

2 Agus a dubhairt ſè riu, 'nuair a ni ſibh ùrnuigh, abraibh, Ar n Athair ata air Neamh, Gu naomhaichear t ainm. Gu 'n tigeadh do rioghachd. Gu 'n deanthar do thoil, mar air neamh, gu ma h amhluidh ſin air thalamh.

3 'Tabhair dhuinn o là gu là ar n aran laitheil.

4 Agus maith dhuinn ar peacaidh; oir ata ſinne fòs a' maitheamh do gach aon air am bheil fiacha againn. Agus na treòraich ann am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o'n olc.

5 Agus a dubhairt ſè riu, Co agaibhſe aig am bi caraid, agus a theid d'a ionnſuidh air mheadhonoidhche, agus a deir ris, A charaid, thoir dhamh-ſa tri arain air iaſachd;

6 Oir thainig caraid damh-ſa a' m' ionnſuidh air a thurus, agus ni 'm bheil ni agam a chuireas mi * air a bheulthaobh:

7 Agus gu 'm freagair eiſean a ſtigh agus gu 'n abair è, Na cuir dragh orm: tha 'n dorus a nois' air a dhùnadh, agus ata mo chlann maille rium ſan leabaidh; cha 'n ſ huigh mi eirigh agus *an* toirt duit.

8 A deirim ribh, Ge nach eirich ſè agus nach toir è dha, air ſon gur h è charaid è: gidheadh air ſon † a liofdachd, eiridh ſè agus bheir è dha mhèud 's ata dh' uireaſbuidh air.

9 Agus a deirimſe ribh, Iarraibh, agus bheir'ear dhuibh: lorgaichibh, agus gheibh ſibh: buailibh *an dorus*, agus foſgailear dhuibh.

10 Oir gach uile neach a dh'iarras, glacaidh ſè: agus an ti lorgaicheas, gheibh è: agus do 'n ti bhuaileas, foſgailear.

11 Ma dh' iarras mac aran air aon neach agaibhſe 'ta 'n a athair, an toir è dha clach, no ma *dh' iarras è* iaſg, an toir è naithir nimhe dha 'n àit' éiſg?

12 No ma dh' iarras è ubh, an toir è ſcorpion da?

13 Air an àdhbhar ſin ma 's aithne dhuibhs' ata olc, tiodhlacaidh maith' a thoirt d'ar cloinn: nach mòr is mò na ſin a bheir bhur n Athair neamhaidh 'n Spiorad naomh do 'n dream a dh' iarras air è?

14 Agus bha è tilgeadh amach deamhain, agus bha è balbh. Agus tharladh, air dol do'n deamhan amach, gu 'n do labhair am balbhan: agus ghabh an ſluagh iongantas.

15 Ach a dubhairt cuid aca, Is ann tre Bheelſebub prionnſa nan deamhan ata ſè tilgeadh amach dheamhan.

16 Agus dh' iarr dream eile aca, 'g a bhuaireadh, comharth' air o neamh.

17 Ach air dha-ſan an ſmuaintidh a thuigſin, a dubhairt ſe riu, Gach rioghachd a bhios roinnte 'n a h aghaidh fein, faſaichear i: agus gach tigh *ata roinnte* 'n a aghaidh fein, tuitidh ſè.

18 Agus ma 'ta Satan fòs air a roinn 'n a aghaidh fein, cionnas a ſheaſas a rioghachd? chionn gu 'm bheil ſibh 'g radh, gu bheil miſe tre Bheelſebub a' tilgeadh 'mach dheamhan.

19 Agus ma 's ann tre Bheelſebub ataimſe tilgeadh 'mach dheamhan, co è tre 'm bhuil bhur clannſa 'g an tilgeadh 'mach? uime ſin bithidh ſiad 'n am breithibh oirbhſe.

20 Ach ma 's ann le mèur Dhe ataimſe

* 'n a làthair. † dhian-iartach.

ataims' ag tilgeadh 'mach dheamhan, tha rioghachd Dhe, gun teagamh, air teachd oirbhſe.

21 'Nuair a ghleidheas duine làidir ſa armaibh a chùirt fein, ata na bhùineas da ann an sìth.

22 Ach 'nuair a thig duin' a 's treiſe na è, agus a bheir è buaidh air, bheir ſè uaithe armachd uile ann san raibh a dhòigh, agus roinnidh ſè a chreach-ſan.

23 An neach nach 'eil leam, tha è m' aghaidh: agus an neach nach 'eil a' cruinneachd leamſa, 'ta ſè a' ſgaoileadh.

24 'Nuair a theid an ſpiorad neo-ghlan amach a duine, im'ichidh ſè tre ionadaibh tiorma, 'g iarraidh fois: agus 'nuair nach fuigh è ſin, deir ſè, Pillidh mi dh' ionnſuidh mo thighe as an d' thainig mi.

25 Agus air dha teachd, gheibh ſè è air a ſguabadh agus air a dheanamh maiſeach.

26 Ann ſin im'ichidh ſè agus bheir è leis ſeachd ſpioraid eile a's meaſa na è fein, agus air dhoibh dol a ſtigh, gabhaidh ſiad comhnuidh ann ſin: agus bithidh deireadh an duine ſin ni 's meaſa na a thoiſeach.

27 Agus tharladh, 'nuair a bha è labhairt nan nithe ſo, gu 'n do thog bean àraidh do 'n t ſluagh a guth, agus gu'n dubhairt ſi ris, Is beannuicht' a' bhrù a ghiulain thu, agus na ciocha dheoghail thu.

28 Ach a dubhairt eiſean, Is mò gur beannuicht' iadſan a dh' eiſdeas focal De, agus a choimheadas è.

29 Agus 'nuair a chruinnich an ſluagh gu tiugh *d'a ionnſuidh*, thòſaich è air a radh, Is droch ghinealach ſo: ata iad ag iarraidh comharthaidh, agus cha tiubhrar comharth' dhoibh, ach comharth' an fhàidh Ionais.

30 Oir mar a bha Ionas 'na chomharth' do mhuintir Ninebheh, is ann mar ſin mar an ceudna bhios Mac an duine do 'n ghinealach ſo.

31 Eir'idh ban-rioghan an àirde deas ſuas ann ſa bhreitheamhnas mailleare daoinibh a' ghinealaich ſo, agus dìtidh ſi iad: oir thainig ſi o iomallaibh na talmhain, a dh' eiſteachd gliocais Sholaimh; agus fèuch, *ata* neach a's mò na Solamh ann ſo.

32 Eir'idh muintir Ninebheh ſuas ann ſa bhreitheamhnas maille ris a' ghinealach ſo, agus dìtidh ſiad è: oir ghabh iad aithreachas le ſearmoin Ionais; agus fèuch, *ata* neach is mò na Ionas ann ſo.

33 Cha 'n 'eil neach ſam bith, air dha coinneal a laſadh, chuireas am folach i, no fuidh bhuiſeal; ach ann an coinnlear, chum 's gu 'm faic an dream thig a ſtigh an ſolus.

34 'Si an t ſùil ſolus a' chuirp: uime ſin 'nuair a bhios do ſhùil glan, bithidh do chorp uile làn ſoluis: ach 'nuair a bhios *do ſhùil* olc, bithidh do chorp mar an ceudna dorcha.

35 Uime ſin thoir an aire, nach bi 'n ſolus ata ionnad 'n a dhorchadas.

36 Air an àdhbhar ſin ma bhitheas do chorp uile ſoillſeach, gun chuid ſam bith dheth dorcha, bithidh ſè ſoillſeach gu h iomlan, amhuil mar a ſhoillſicheas coinneal thu le dealra.

37 Agus ag labhairt dha-ſan, dh' iarr Phairiſeach àraidh air a dhìnneir a ghabhail maille ris: agus chuaidh è ſtigh, agus ſhuidh ſè chum bìdh.

38 Agus 'nuair a chunnaic am Phairiſeach *ſin*, b' ionguadh leis nach d' ionnlaid ſè è fein roimh a dhìnneir.

39 Agus a dubhairt an Tighearna ris, 'Noiſe 'ta ſibhſe, Phairiſiche, a' glanadh an taobh a muigh do 'n chupan agus do 'n mhèis: ach ata 'n taobh a ſtigh dhibh làn do reubain agus a dh' aingidheachd.

40 Amadana, an ti a rinn an ni 'ta 'n taobh amuigh, nach do rinn è an ni 'ta 'n taobh a ſtigh mar an ceudna?

41 Ach

41 Ach thugaibh uaibh déirc do na nithibh ata agaibh: agus fèuch, ata na h uile nithe glan duibh.

42 Ach is an-aoibhinn duibh, Phairifiche: oir ata fibh toirt deachmha a mionnt agus a rù agus as gach uile ghnè luibheanna, agus a' gabhail thairis air breitheanas agus air gràdh Dhe: bu chòir dhuibh iad fo a dheanamh, agus gun iad fùd fhàgail gun deasamh.

43 Is an-aoibhinn duibh, Phairifiche: oir is ionmhuinn libh na ceud àiteacha-fuidhe ann fna fionagogaibh, agus fàiltidh ann fna margaibh.

44 Is an-aoibhinn duibh a Sgriobhuichean agus Phairifiche, a chealgoirean: oir ata fibh mar uaighean nach faicear, agus do nach toir na daoine ata 'g im'eachd thairis orr', an aire.

45 Agus fhreagair duin' àraidh do 'n luchd-lagha, agus a dubhairt è ris, A mhaighifdir, le fo a labhairt, ata thu toirt maflaidh dhuinne fòs.

46 Agus a dubhairt eifean, Is an-aoibhinn duibhfe fòs, a luchd-lagha: oir ata fibh cur uallacha troma do-ghiulan air daoinibh, agus cha bhean fibh fein ris na h uallachaibh le h aon d' ar mèaraibh.

47 Is an-aoibhinn duibh: oir ata fibh tog'ail thuama nam fàidhean, agus 's iad bhur n aithreacha mharbh iad.

48 Gu deimhin ata fibh toirt fia'nais gu bheil fibh 'g aontachadh le gniomharthaibh bhur n aithreacha: oir mharbh iadfan gu deimhin iad, agus ata fibhs' a' tog'ail an tuama.

49 Air an àdhbhar fin a dubhairt fòs gliocas De, Cuiridh mife fàidhean, agus abftoil d'an ionnfuidh agus *cuid* aca marbhaidh fiad, agus ni iad geur-leanmhuin orra:

50 Chum gu'n agrar air a' ghinealach fo fuil nam fàidhean uile a dh. irteadh o thoifeach an domhain;

51 O fhuil Abeil gu fuil Shachariais, a mhilleadh eidir an altair agus an teampull: gu deimhin a deirim ribh, gu 'n agrar i air a' ghinealach fo.

52 Is an-aoibhinn duibh, a luchd-lagha: oir thug fibh air falbh eochair an eòlais: cha deachaidh fibh fein a ftigh, agus an dream a bha dol a ftigh, bhac fibhs' iad.

53 Agus 'nuair a bha è labhairt nan nithe fo riu, thòfaich na Sgriobhuichean agus na Phairifich air a chur chuige gu dian, agus a bhrofnachadh gu labhairt air mòran do nithibh:

54 A' deanamh feill-aire air, agus ag iarraidh ni eigin a ghlacadh as a bheul, chum cùis a chur air.

CAIB. XII.

1 *'Ta Crioft a' fearmonacha' d'a dheifciobluibh iad a fheuchnadh ceilg, agus geilt ann an cur a theagaifg ann céill,* 13 *a' toirt rabhaidh do 'n phobull chum bhi air am faicill ann aghaidh fannt, le comhad an duine fhaibhir a chuir roimhe, air d'a thalamh barr mòr a thoirt amach, faibhlean bu mhò a thog'ail.* 22 *Cha 'n fheud finn bhi ro-chùramach mu nithibh talmhaidh;* 31 *ach is còir dhuinn rioghachd Dhe iarraidh,* 33 *déirc a thoirt uainn,* 36 *agus bhi ullamh gus an dorus fhofgla' d'ar Tighearna 'nuair bhuaileas fè è, ge b'è àm an d' thig è.* 41 *'S còir do mhinifteiribh Chriofd cùram a ghabhail do na dh'earbadh riu,* 49 *agus fùil a bhi aca re geur leanmhuin.* 54 *'S còir do'n t fluagh feum maith a dheanamh do'n àm gràis ata làthair,* 58 *do bhri' gur ni eaglach do dhaoinibh bàs fhaghail gun an réite bhi deanta.*

ANN fan àm fin, 'nuair a bha fluagh gun àireamh air cruinneacha', ionnas gu 'n raibh iad a' faltairt air a chéile, thòfaich è air a radh r'a dheifciobluibh fein, Roimh gach ni bithibh air bhur faicill o

laibhin

àibhin nam Phairiſeach, eadhon cealgoireachd.

2 Oir cha 'n 'eil ni air bith foluichte, nach foillſichear; no uaigneach, air nach fuighear fios.

3 Air an àdhbhar ſin ge b'è ni a labhair ſibh ſan dorchadas, cluinnear è ſan t ſolus: agus ge b'è ni a labhair ſibh ſa chluais ann ſeomraichibh uaigneach, gairmear è air mullach nan tighean.

4 Agus a deirim ribhſe, mo chàirde, Na biodh eagal oirbh roimh an mhuintir ſin a mharbhas an corp, agus 'na dhiaigh ſin, aig nach 'eil ni tuilleadh dh'fheudas iad a dheanamh.

5 Ach nochdamſa dhuibh co è roimhe 'n còir dhuibh eagal a ghabhail: Biodh eagal an Tì ud oirbh, aig am bheil cumhachd, taireis neach a mharbhadh, a thilgeadh do ifrionn; ſeadh, a deirim ribh, Biodh eagal an Ti ſo oirbh.

6 Nach 'eil cuig gealbhoinn air an reic' air dhà fheoirling, agus ni 'm bheil a h aon ac' air dhearmad am fia'nais De?

7 Ach ata eadhon foilteana bhur cinn uil' air an àireamh. Uime ſin na biodh eagal oirbh: is fearr ſibhſe na mòran ghealbhonn.

8 Agus a deirimſe ribh, Ge b'è neach a dh'aidmhicheas miſe am fia'nais dhaoine, aidmhichidh Mac an duine eiſean mar an ceudna ann làthair aingle Dhe.

9 Ach ge b'è neach a dh'àichſheunas miſe 'm fia'nais dhaoine, àichſheunar eiſean 'm fia'nais aingle Dhe.

10 Agus ge b'è neach a labhras focal ann aghaidh Mhic an duine, maithear dha è: ach do 'n ti a labhras blaiſphem' ann aghaidh 'n Spioraid naomha, ni'n toirear maitheanas.

11 Agus 'n uair a bheir iad ſibh chum nan ſionagog, agus nan uachdaran, agus nan daoine cumhachdach, na biodh è 'na ro-chùram oirbh cionnas no ciod è a fhreagras ſibh, no ciod a their ſibh:

12 Oir teagaiſgidh 'n Spiorad naomha dhuibh ann ſan uair ſin fein na nithe 's còir dhuibh a radh.

13 Agus a dubhairt neach àraidh do 'n t ſluagh ris, A mhaighiſdir, abair re m' bhràthair an oighreachd a roinn rium.

14 Agus a dubhairt ſè ris, A dhuine, co a chuir miſe os bhur cionn a' m' bhreitheamh, no a'm' fhear-roinn?

15 Agus a dubhairt ſè riu, Thugaibh an aire, agus gleidhibh ſibh fein o ſhannt: oir cha 'n ann am mòr phailteas nan nithe 'ta è ſealbhachadh 'ta beatha an duine.

16 Agus labhair è comhad riu, ag radh, Thug fearann duine ſhaibhir àraidh barr pailt' uaithe.

17 Agus ſmuanaich è ann fein, ag radh, Ciod a ni mi, chionn nach 'eil agam àit' ann san cruinnich mi mo thoraidh?

18 Agus a dubhairt ſè, Ni mi ſo: leagaidh mi mo ſhaibhlean, agus togaidh mi *ſaibhlean* a 's mò; agus cruinnichidh mi ionnta ſin mo thoraidh uile, agus mo mhaoin.

19 Agus their mi re m' anam, Anam, ata agad mòran do nithibh maithe air an taſgaidh ſa chomhair mòrain bhliadhna; gabh fois, ith, òl, *is* bi ſubhach.

20 Ach a dubhairt Dia ris, Amadain, air an oidhche ſo fein iarrar t anam uait: ann ſin co dha a bhuineas na nithe ſin a dh' ull'uich thu?

21 *Is ann* mar ſin *ata* 'n ti a thaiſgeas ionmhas dha fein, agus nach *'eil* ſaibhir a thaobh Dhe.

22 Agus a dubhairt ſè r'a dheiſciobluibh, Uime ſin a deirimſe ribh, na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh' itheas ſibh; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas ſibh umaibh.

23 Is mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n teadach.

24 Thu-

24 Thugaibh fainear na fithich: oir ni 'm bheil iadfan a' cur no buain; cha 'n 'eil aca tigh-ftòir no fabhal; agus ata Dia 'g am beathachadh: Cia mòr is fearr fibhfe na na h èunlaith?

25 Agus co agaibh le ro-chùram is urradh aon bhann-lamh a chur r'a àirde fein?

26 Mur 'eil fibh uime fin comafach air an ni a's lugha a dheanamh, c'ar fon ata fibh gabhail ro-chùram do nithibh eile?

27 Thugaibh fainear na lilighean, cionnas ata iad a' fàs: cha 'n 'eil iad a' faothreacha', no a' fniomh: gidheadh a deirim ribh, nach raibh Solamh fein 'na ghlòir uile, air a fgeudachadh mar aon diubh fo.

28 Agus ma 'ta Dia mar fin a' fgeudachadh an fheoir, ata 'n diu fa mhachair, agus a màrach air a thilgeadh fan àmhuinn: nach mòr is mò *a fgeudaicheas è* fibhfe, O dhaoine air bheag creidimh?

29 Agus na iarraibhfe ciod a dh' itheas fibh, no ciod a dh' òlas fibh, agus na bithibh amharufach.

30 Oir na nithe fo uile 'ta cinnich an t faoghail ag iarraidh: ach ata fhios aig bhur n Athair-fe gu bheil feum agaibh air na nithibh fin.

31 Ach iarraibhfe rioghachd Dhe, agus cuirear na nithe fin uile ribh.

32 Na biodh eagal ort, a threud bhig; oir is è deadh thoil bhur n Athar an rioghachd a thoirt duibh.

33 Reicibh na bheil agaibh, agus thugaibh déirc uaibh: deanaibh dhuibh fein fporain nach fàs fean, ionmhas nach teirig ann fna neamhaibh, far nach d' thig gaduich' am fogus, agus nach truaill an reudan.

34 Oir ge b'è àit' am bheil bhur n ionmhas, ann fin bithidh bhur croidhe mar an ceudna.

35 Biodh bhur leafruidh crioffaichte m'an cuairt, agus *bhur* lòchrain air lafadh;

36 Agus fibh fein cofmhuil re daoinibh ata feitheamh an Tighearna, 'nuair a philleas è o'n phòfadh, chum air dha-fan teachd agus bualadh, gu'n grad-fhofgail iad dha.

37 'S beannuichte na feirbhifich fin, a gheibh an Tighearna, 'n uair a thig è, re faire: gu deimhin a deirim ribh, gu 'n criofraich fè è fein m'an cuairt, agus gu 'n cuir è 'nan fuidhe iad chum bìdh, agus gu 'n d' thig è 'mach agus gu 'n dean è frithealadh dhoibh.

38 Agus ma thig è fan dara faire, no ma thig è fan treas faire, agus gu 'm fuigh fè *iad* mar fin, is beannuichte na feirbhifich fin.

39 Agus biodh cinnt agaibh air fo, nam biodh fhios aig fear an tighe co 'n uair ann san d' thigeadh an gaduiche, gu 'n deanadh è faire, agus nach fuil'geadh è thigh bhi air a tholladh trìd.

40 Bithibhfe uime fin deas mar an ceudna: oir thig Mac an duine 'n uair nach faoil fibh.

41 Agus a dubhairt Peadar ris, A Thighearna, 'n ann ruinne 'ta thu labhairt a' chofamhlachd fo, no fòs ris gach uile?

42 Agus a dubhairt an Tighearna, Co è uime fin an ftiobhard firinneach agus glic fin, a chuireas a Thighearna 'na uachdaran air a theaghlach, a thoirt *doibh an* cuibhrionn bìdh 'na àm fein?

43 Is beannuicht' an feirbhifeach fin, a gheibh a Thighearna 'n uair a thig è, a' deanamh mar fin.

44 Gu firinneach a deirim ribh, gu 'n cuir fè è 'na uachdaran os cionn na bheil aige.

45 Ach ma their an feirbhifeach fin 'na chroidhe, 'Ta mo Thighearna cur dàil 'na theachd; agus ma thòfaicheas è air na h òglaoich agus na ban-oglaich a bhualadh, agus itheadh, agus òl, agus a bhi air mheifg:

46 Thig Tighearna 'n t feirbhifich fin ann là nach 'eil fuil aige ris, agus ann an uair nach aithne dha,

dha, agus gearraidh è 'n a bhloidibh è, agus bheir ſè a chuibhrionn da maille ris na mi-chreid'eachaibh.

47 Agus an ſeirbhiſeach ſin d' am b' aithne toil a mhaighiſdir, agus nach d'ull'uich *è fein*, agus nach d'rinn a reir a thoil, buailear è le mòran bhuillibh.

48 Ach an ti da nach b'aithne, agus a rinn nithe a b' airidh air buillibh, buailear eiſean le beagan *do bhuillibh*. Oir na h uile neach d' an d' thugadh mòran, iarrar mòran uaithe: agus ge b'è re 'n d'earbadh mòran, iarrar an tuilleadh air.

49 Thainig miſe a chur teine air an talamh, agus ciod is àill leam, ma 'ta è cheana air fhadadh.

50 Ach ata baiſteadh agam re bhi air mo bhaiſteadh leis, agus cionnas ata mi air mo theannadh gus an coi'-lionar è!

51 Am bheil ſibh ſaoilſin gu 'n d' thainig miſe a thoirt sìth air an talamh? ni h eadh, a deirim ribh, ach aimh-reit.

52 Oir bithidh as ſo ſuas cuignear ann aon tigh air an roinn, triur ann aghaidh dias, agus dias ann aghaidh triur.

53 Bithidh 'n t athair air a roinn ann aghaidh a' mhic, agus a' mac ann aghaidh an athar: a' mhàthair ann aghaidh na h inghin, agus an inghean ann aghaidh na màthar; a' mhàthair chéile 'n aghaidh mnà a mic, agus bean a' mhic 'n aghaidh a màthar-chéile.

54 Agus a dubhairt ſè mar an ceudna ris a' phobull, 'N uair a chi ſibh nèul ag eirigh ſan àirde 'n iar, air ball a deir ſibh, Ata ſras ag teachd; agus ata è mar ſin.

55 Agus 'n uair *a chi ſibh* a' ghaoth a deas a' ſeideadh, a deir ſibh, Bithidh teas ann; agus ata è tachairt.

56 A chealgoirean, 's aithne dhuibh breith a thoirt air aghaidh nan ſpeur agus na talmhain: ach cionnas nach 'eil ſibh a' mothachadh do'n aimſir ſo?

57 Agus c'ar ſon nach 'eil ſibh eadhon uaibh fein a' breithneacha' an ni ſin a's còir?

58 'N uair a theid thu maille re d' eaſcaraid chum an uachdarain, dean dìchioll ſan t ſlighe air bhi air do ſhaoradh uaithe; 'n t eagal gu'n tarruing è chum a' bhreitheamh thu, agus gu'n tabhair am breitheamh thairis do 'n mhaor thu, agus gu'n tilg a' maor am prìoſun thu.

59 A deirim riut, nach d' theid thu 'mach as ſin, gus an ioc thu eadhon a' pheghinn dheireannach.

CAIB. XIII.

1 *'Ta Crioſd a' ſearmonachadh aithreachais, o'n ſgrios a thainig air na Galileanachaibh, agus muintir eile.* 6 *Combad na craoibh-fhìge gun toradh.* 11 *'Ta Crioſd a' ſlànucha' na mnà bha air a cromadh le h eacail phiantaich rè ochd-bliadhna-deug;* 18 *a' nochdadh oibreacha cumhachdach an fhocail ann an croidhibh a' phobuill, le combad a' ghràinne do ſhiol muſtaird, agus na làibhin;* 24 *ag iarraidh ciru' dol a ſtigh air a' ghcata chumhann,* 31 *agus a' cronachadh Ioraith agus Hieruſaleim.*

AGUS bha làthair ſan àm ſin daoine àraidh ag innſeadh dha mu thimchioll nan Galileanach, muintir a mheaſg Pilat am fuil maille r'an ìobairtibh.

2 Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Am bheil ſibh ſaoilſin gu 'n raibh na Galileanaich ſin 'nam peacachaibh ni 's mò na na Galileanaich uile, air ſon gu'n d' fhulaing iad a leithid ſo?

3 Ni h eadh, a deirim ribh: ach mur gabh ſibh aithreachas, ſgrioſar ſibh uile mar an ceudna.

4 No na h ochd-fir-dheug ſin air an do thuit an tùr ann an Siloam, agus a mharbh iad, an ſaoil ſibh gu'n raibh iad ſo 'nam * peacachaibh

* féichncinibh.

chaibh os cionn nan uile dhaoine bha 'nan comhnuidh ann Ierusalem ?

5 Ni h eadh, a deirim ribh: ach mur gabh sibh aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna.

6 Labhair sè mar an ceudna an cosamhlachd so: Bha aig duin' àraidh crann-sige suidhichte 'na ghàradh siona: agus thainig sè 'g iarraidh toraidh air, agus cha d' fhuair è.

7 Ann sin a dubhairt è ris a' * ghàradoir, Feuch, ata mi rè thri bliadhna a' teachd a dh' iarraidh toraidh air a' chrann-fhìge so, agus ni bheil mi faghail a bheag: gearr sios è, c'ar son ata sè fàsacha' 'n talmhain ?

8 Agus fhreagair eisean agus a dubhairt sè ris, A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu'n cuir mi † aolach *m'a bhun :*

9 Agus ma ghiulaineas è toradh, *is maith:* agus mur giulain, 'na dhiaigh sin gearraidh tu sios è.

10 Agus bha è a' teagasg ann aon do na sionagogaibh, air an t sabaid.

11 Agus feuch, bha bean àraidh *a làthair* aig an raibh spiorad anmhuinneachd rè ochd-bliadhna-deug, agus bha i air a cromadh re chéile, agus gun chomas aic' air chor sam bith i fein a dhìreachadh.

12 Agus 'nuair a chunnaic Iosa i, ghairm è d'a ionnsuidh i, agus a dubhairt sè ria, A bhean, ata thu air d' fhuasgladh o d' anmhuinneachd.

13 Agus chuir è làmha uirre: agus air ball rinneadh dìreach i, agus thug si glòir do Dhia.

14 Agus fhreagair uachdaran na sionagoige, agus è làn do fheirg air son gu'n d' rinn Iosa leigheas air là na sàbaid', agus a dubhairt è ris an t sluagh, Tha sea làith' ann san còir obair a dheanamh: orra so air an âdhbhar sin thigibh, agus bithibh air bhur leigheas, agus na b' ann air là na sàbaid'.

15 Ann sin fhreagair an Tighearna è, agus a dubhairt sè, A chealgoir, nach fuasgail gach aon agaibh a dhamh no asal o'n phrasaich, agus nach toir è gu uisge è air là na sàbaid' ?

16 Agus nach bu chòir a' bhean so, ata 'na h inghin do Abraham, a cheangail Satan anoise rè ochd-bliadhna-deug, bhi air a fuasgladh o'n chuibhreach so air là na sàbaid' ?

17 Agus 'nuair a dubhairt è na nithe sin, chuireadh a naimhde uile gu nàire: agus rinn an sluagh uile gàirdeachas, air son nan uile nithe glòrmhor a rinneadh leis.

18 Ann sin a dubhairt sè, Cia ris ata rioghachd Dhe cosmhuil ? agus cia ris a shamhlaicheas mi i ?

19 'Ta i cosmhuil re gràinne do shiol mustaird, a ghabh duine, agus a chuir è 'na ghàradh, agus dh'fhàs è, agus rinneadh craobh mhòr dheth: agus rinn èunlaith an aidheir neid ann a geugaibh.

20 Agus a dubhairt sè a-rìs, Cia ris a shamhlaicheas mi rioghachd Dhe ?

21 Ata i cosmhuil re làibhin, a ghabh bean agus a dh' fholaich i ann tri miosaraibh mine, gus an do ghabh an t iomlan làibhin.

22 Agus chuaidh è tre gach caithir agus baile, a' teagasg, agus a' gabhail na slighe gu Hierusalem.

23 Ann sin a dubhairt neach àraidh ris, A Thighearna, an tearc iad a shaorar ? Agus a dubhairt eisean riu,

24 Deanaibh spairn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann: oir

* ghàrdaineir. † inneir.

oir a deirim ribh, gu'n iarr mòran dol a ſtigh, agus nach urradh iad.

25 O 'n uair a dh' eir'eas fear an tighe, agus a dhùineas è 'n dorus, agus a thòſaicheas ſibhſe air ſeaſamh amuigh, agus an dorus a bhualadh, ag radh, A Thighearna, a Thighearna, foſgail duinne; agus air dha-ſan freagairt a deir è ribh, Cha 'n aithne dhamh ſibh, co as ata ſibh:

26 Ann ſin tòſaichidh ſibh air a radh, Dh' ith ſinn agus dh'òl ſinn a' d' làthair, agus bha thu a' teagaſg 'nar ſràidibh.

27 Ach their eiſean, A deirim ribh, cha 'n aithne dhamh ſibh, co as ata ſibh; im'ichibh uam uile, a luchd deanamh na h ea-corach.

28 Ann ſin bithidh gul agus gìoſgan fhiacall, 'nuair a chi ſibh Abraham, agus Iſaac, agus Iacob, agus na ſàidhean uile ann an rioghachd Dhe, agus ſibh fein air bhur tilgeadh amach.

29 Agus thig iad o'n àird 'n ear, agus o 'n àirde 'n iar, agus o'n àirde tuath agus deas, agus ſuidhidh iad ſios ann an rioghachd Dhe.

30 Agus fèuch, ata daoine air dheireadh a bhitheas air thoiſeach; agus air thoiſeach a bhitheas air dheireadh.

31 Air an là ſin fein thainig Phairiſich àraidh d'a ionnſuidh, ag radh ris, Rach amach, agus im'ich as ſo: oir tha toil aig Ioraith do mharbhadh.

32 Agus a dubhairt ſè riu, Im'ichibh agus innſibh do 'n t ſionnach ſin, Fèuch, ata mi tilgeadh amach dheamhan, agus 'ta mi deanamh leigheas an diu agus a màrach, agus air an treas là bithidh mi air mo dheanamh foirfè.

33 Gidheadh, is eigin damh im'eachd an diu agus a màrach, agus an là 'na dhiaigh ſin: oir cha 'n fheud è bhi gu'n cuirear fàidh gu bàs amach a Ieruſalem.

34 A Ieruſalem, a Ieruſalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlochas an dream a chuirear a' d' ionnſuidh: cia minic a b' àill leam do chlann a chruinneachadh, amhuil mar *a chruinnicheas* cearc a h àlach fuidh a ſgiathaibh, agus cha b' àill libh?

35 Fèuch, dh' fhàgadh bhur tigh fàs agaibh: agus gu deimhin a deirim ribh, nach fhaic ſibh miſe, gus an d' thig an t àm, ann s an abair ſibh, 'S beannuicht' an ti a thig ann ainm an Tighearna.

CAIB. XIV.

2 *'Ta Crioſd a' ſlànuchadh neach air an raibh a' mhèud-bhronn,* 7 *a' teagaſg irioſlachd:* 16 *Le comhad na ſuipeire mòire, ata è a' nochdadh cionnas a bhiòs daoine ſaoghalt', a ni tàir air ſocal De, air an druideadh amach a rioghachd nèimhe.* 25 *Ag teagaſg gur còir do 'n dream le 'n àill bhi 'n an deiſciobuil da, an crann-ceuſaidh a ghiulan, agus a mheas ro'-laimh creud a choſdas a ſheirbhis doibh, 'n t eagal gu'n claon iad uaithe le nèire ſa dheireadh,* 34 *agus gu 'm fàs iad air gach aon dòigh neo-tharbhach, coſmhuil re ſalann a chaill a bhlas.*

AGUS tharladh, mar a chuaidh è gu tigh uachdarain àraidh do na Phairiſichibh a dh' itheadh bìdh air là na ſàbaid', gu'n raibh iad a' deanamh geur-ſhaire air.

2 Agus fèuch, bha duine àraidh 'na làthair air an raibh a' * mhèud-bhronn.

3 Agus fhreagair Ioſa, agus labhair è ris an luchd-lagha, agus ris na Phairiſichibh, ag radh, Am bheil è ceaduichte leigheas a dheanamh air là na ſàbaid'?

4 Ach dh' fhan iadſan 'n an toſd. Agus air dha breith *air*, leighis ſè è, agus leig ſè uaithe *è*:

† Q 5 Agus

* dropſy.

5 Agus fhreagair fe iadſan, ag radh, Co agaibhſe, ma thuiteas aſal no a dhamh ann ſlochd, nach tarruing amach gu grad è air là na ſàbaid'?

6 Agus cha b' urradh iad a fhreagairt a-rìs ann ſna nithibh ſin.

7 Agus labhair è comhad riu-ſan a chuireadh, 'n uair a thug è fainear mar a thagh iad na ceud àiteacha-ſuidhe; ag radh riu,

8 'Nuair a gheibh thu cuireadh o neach air bith chum bainnſe, na ſuidh ann ſa cheud àite: 'n t eagal gu'n d' fhuair duin' a's onoraich' na thuſa cuireadh uaithe;

9 Agus gu'n d' thig an ti a thug cuireadh dhuits' agus dha-ſan, agus gu'n abair fè riut, Thoir àite do'n duine ſo; agus gu'n tòſaich thus' ann ſin le nàire air ſuidheadh ann ſan àit' a's ìſle.

10 Ach 'nuair a gheibh thu cuireadh, im'ich agus ſuidh ann ſan àit' a's ìſle; chum 's 'nuair a thig eiſean a thug cuireadh dhuit, gu'n abair è riut, A charaid, ſuidh ſuas ni 's àirde: ann ſin gheibh thu onoir ann làthair na muintir ata 'nan ſuidhe air bòrd maille riut.

11 Oir ge b'è neach a dh' àrdaicheas è fein, ìſlichear è; agus ge b'è neach a dh' ìſlicheas è fein, àrdaichear è.

12 Ann ſin a dubhairt ſè ſòs ris an ti thug cuireadh dha, 'Nuair a ni thu dìnneir no ſuipeir, na gairm do chàirde, no do bhràithre, no do luchd dàimh, no *do* choimhearſnaich ſhaibhre; 'n t eagal gu 'n toir iadſan ſòs cuireadh dhuits' a-rìs; agus gu 'm fuigh thu chomain cheudna.

13 Ach 'n uair a ni thu féiſd, gairm na bochdan, na daoine ciurramach, na bacaich, na doill:

14 Agus bithidh tu beannuichte; oir cha 'n urradh iad a' chomain cheudna thoirt duit: oir gheibh thu comain ann an eiſ-eirigh nam fìrean.

15 Agus 'n uair a chual' a h aon do na ſhuidh maille ris air bòrd na nithe ſin, a dubhairt ſè ris, *'S* beannuicht' an ti ſin a dh' itheas aran ann an rioghachd Dhe.

16 Ach a dubhairt eiſean ris, Rinn duine àraidh ſuipeir mhòr, agus thug è cuireadh do mhòran:

17 Agus chuir è ſheirbhiſeach uaithe ann àm na ſuipeire, a radh ris a' mhuintir a fhuair cuireadh, Thigibh, oir ata na h uile nithe a nois' ullamh.

18 Agus thòſaich iad uile a dh' aon *ghuth* r'an leith-ſgeul a ghabhail. A dubhairt an ceud fhear ris, Cheannaich mi fearann, agus is eigin damh dol amach agus fhaicſin: guidheam ort, gabh mo leith-ſgeul.

19 Agus a dubhairt fear eile, Cheannaich mi cuig cuing' dhamh, agus ata mi dol g'an dearbhadh: guidheam ort, gabh mo leith-ſgeul.

20 Agus a dubhairt fear eile, Phòs mi bean, agus air an àdhbhar ſin cha 'n 'eil e 'n comas damh teachd.

21 Agus thainig an ſeirbhiſeach ſin, agus dh' innis è na nithe ſin d'a thighearna. Ann ſin air gabhail feirge do fhear an tighe, a dubhairt ſè r'a ſheirbhiſeach, Rach amach gu grad gu ſràidibh agus gu caol-ſhràidibh a' bhaile, agus thoir a ſtigh ann ſo na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na doill.

22 Agus a dubhairt an ſeirbhiſeach, A Thighearna, rinneadh mar a dh' òrduich thu, gidheadh 'ta àite *fòlamh* ann ſòs.

23 Agus a dubhairt an Tighearna ris an t ſeirbhiſeach, Im'ich amach gus na ròdaibh mèra agus na gàrachaibh, agus coi'-eignich iad gu teachd a ſteach, chum's gu 'm bi mo thigh air a lionadh.

24 Oir

24 Oir a deirim ribh, nach blais a h aon do na daoinibh ud a fhuair cuireadh, do m' fhuipeir-se.

25 Agus bha fluagh mòr ag im'eachd maille ris: agus air dha tionndadh, a dubhairt se riu,

26 Ma thig neach air bith do m' ionnfuidhs', agus nach fuathaich è athair, agus a mhàthair, agus a bhean-phòfda, agus a chlann, agus a bhràithre, agus a pheathraiche, feadh fòs, agus a bheatha mar an ceudna, cha 'n 'eil è 'n comas da bhi 'na dheifciobul agamfa.

27 Agus ge b'è neach nach giulain a chrann-ceufaidh, agus nach lean mife, cha 'n fheud è bhi 'na dheifciobul damh fa.

28 Oir co am fear aguibhfe leis am bu mhiann tùr a thog'ail, nach fuidh fios air tùs, agus nach cunnt an coftus, *a dh' fhèuchain* am bheil aige na chuireas crioch air?

29 'N t eagal taireis da a bhunadh a leagadh, agus gun bhi comafach air crioch a chur *air*, gu 'n tòfaich na h uile a chi *è* re fanoid air,

30 Ag radh, Thòfaich an duine fo air *tigh* a thog'ail, agus cha b' urradh è a chriochnachadh.

31 No co an righ ag dha dol amach gu cogadh ann aghaidh righ eile, nach fuidh fios air tùs, agus nach dean comhairle, *a dh' fhèuchain* an urradh è le deich mìle coinneamh a thoirt da-fan ata teachd le fichead mìle 'na aghaidh?

32 No, air bhi dha-fan fòs fada uaithe, cuiridh fè teachdoireachd a dh' iarraidh cùmhnantan sìth.

33 Mar fin mar an ceudna gach uile neach agaibhfe, nach tréig na h uile nithe ata aige, cha 'n fheud è bhi 'na dheifciobul damhfa.

34 *Ata* 'n falann maith: ach ma chailleas an falann a bhlas, ciod è leis an deanthar deadh-bhlafda è?

35 Cha 'n 'eil feum ann chum an talmhain, no chum an * dùnain; *ach* tilgidh daoin' amach è. An ti aig am bheil cluafa chum eifteachd, eifdeadh è.

CAIB. XV.

1 *Comhad na caorach caillte*, 8 *a' phòs airgid*, 11 *a' mhic ftruidheil.*

ANN fin thainig na puibliocanaich uile agus na peacaich am fogus da, chum eifteachd ris.

2 Agus rinn na Phairifich agus na Sgriobhuichean monmhor, ag radh, Ta 'm fear fo gabhail pheacach d'a ionnfuidh, agus ag itheadh mailte riu.

3 Agus labhair eifean an cofamhlachd fo riu, ag radh,

4 Co an duin' agaibhs' aig am bheil ceud caora, ma chailleas è h aon aca, nach fàg an naoi'-deug agus an ceithir fichead ann fan fhàfach, agus nach d' theid ann deigh na caorach ud a chailleadh, gus am fuigh fè i?

5 Agus air dha a faghail, cuiridh fè air a ghuaillibh i, le gàirdeachas.

6 Agus 'nuair a thig è dhathigh, gairmidh fe a chàirde agus a choimhearfnaich ann ceann a chéile, ag radh riu, Deanaibh gàirdeachas maraon riumfa, chionn gu 'n d' fhuair mi mo chaora bha caillte.

7 Mar fin, a deirim ribh, gu 'm bi aoibhneas air neamh air fon aon pheacaich a ghabhas aithreachas, ni 's mò na air fon naoi'-deug agus ceithir fichead firean aig nach 'eil feum air aithreachas.

8 No co a' bhean aig am bhuil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhonn diubh, nach las coin neal, agus nach fguab an tigh, agus nach iarr gu dichiollach gus am fuigh fi *è?*

9 Agus

* òtraich.

9 Agus air dhi fhaghail, goiridh fi *a* ban-chàirde agus *a* ban-choimhearsnaich ann ceann a chéile, ag radh, Deanaibh gairdeachas leamsa, oir fhuair mi 'm bonn a chaill mi.

10 Mar an ceudna a deirim ribh, Ata gairdeachas ann làthair aingle Dhe, air son aon pheacaich a ni aithreachas.

11 Agus a dubhairt fè, Bha aig duine àraidh dias mhac:

12 Agus a dubhairt am *mac* a b'òige dhiubh r'a athair, Athair, thoir dhamhs' a' chuid-roinn a thig *orm* do *d'* mhaoin. Agus roinn fè eatorra a bheathacha'.

13 Agus ann diaigh beagain do laithibh, chruinnich am mac a b'òig' a chuid uile, agus ghabh fè a thurus do dhuthaich fad'air astar, agus ann sin chaith fè a mhaoin le beatha * struidheasaich.

14 Agus 'n uair a chaith è *a chuid* uile, dh' eirich gorta romhòr san tìr sin; agus thòsaich è re bhi ann an uireasbhuidh.

15 Agus chuaidh fè agus cheangail fè è fein re aon do shaor-dhaoinibh na dùthcha sin; agus chuir fè d'a fhearann è, a † bhiadhadh mhuc.

16 Agus bu mhiannach leis a bhrù a lionadh do na ‡ plaosgaibh a bha na mucan ag itheadh: agus cha d'thug neach air bith dha.

17 Agus 'n uair a thainig fè chuige fein, a dubhairt fè, Cia lion do luchd tuarasdail m' athar-sa aig am bheil aran gu leòr agus r'a sheachnadh, agus ata mis' a' basachadh le gorta!

18 Eiridh mi, agus theid mi dh'ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi 'n aghaidh fhlaitheanais, agus a' d' làthairse,

19 Agus cha 'n fhiu mi tuilleadh gu 'n goirte do mhac dhiom: dean mi mar aon do d' luchd tuarasdail.

20 Agus dh' eirich fè, agus thainig è dh' ionnsuidh athar. Ach air dha bhi fòs fada uaithe, chunnaic athair è, agus ghabh è truas mòr *dheth*, agus ruidh è, agus thuit fè air a mhuineal, agus phòg fè è.

21 Agus a dubhairt am mac ris, Athair, pheacaich mi ann aghaidh nèimh', agus a' d' làthairse, agus cha 'n fhiu mi tuilleadh gu 'n goirte do mhac dhiom.

22 Ach a dubhairt an tathair r'a sheirbhiseachaibh, Thugaibh amach a chulaidh a 's fearr, agus cuiribh uime i, agus cuiribh fainne air a làimh, agus bròg air *a* chosaibh.

23 Agus thugaibh 'n so an laogh bia'ta, agus marbhaibh è; agus itheamaid agus biodhmaid subhach.

24 Oir bha mo mhac so marbh, agus tha è beo a-rìs; bha è caillte, agus fhuaradh è. Agus thòsaich iad air bhi subhach.

25 'Noise bha a mhac bu shine amach san fhearann: agus 'n uair a thainig fè, agus a thàr fè 'm fogus do 'n tigh, chual' è 'n ceòl agus an damhsa.

26 Agus ghairm è chuig' a h aon do na seirbhiseachaibh, agus dh' fheòraich fè ciod bu chiall do na nithibh sin.

27 Agus a dubhairt eisean ris, Thainig do bhràthair; agus mharbh t athair an laogh bia'ta, chionn gu 'n d' fhuair fè ris è slàn fallain.

28 Agus ghabh eisean fearg, agus cha b'àill leis dol a stigh: air an adhbhar sin thainig athair amach, agus chuir è impidh air.

29 Agus fhreagair eisean agus a dubhairt fè r'a athair, Feuch, ataims' a' deanamh seirbhis duit na h uiread so do bhliadhnaibh, ni mò a bhris mi t àithne uair air bith, gidheadh cha d' thug thu meann riamh

* ana-caithtich. † bhuachailleachd. ‡ ceochallaibh.

riamh dhamh, chum gu'm bithinn ſubhach maille re m' chàirdibh.

30 Ach an uair a thainig do mhac ſo, a dh'ith ſuas do bheathacha' maille re ſtriopaichibh, mharbh thu 'n laogh bia'ta dha.

31 Agus a dubhairt ſè ris, A mhic, ata thuſa a ghnà' maille rium, agus na h uile nithe *a's* leamſa, is leatſa *iad*.

32 Bu chòir dhuinn bhi ſubhach, agus aoibhneach: air ſon gu'n raibh do bhràthair ſo marbh, agus ata ſè beo a-rìs; agus bha è caillte, agus fhuaradh è.

CAIB. XVI.

1 *Comhad an ſtiobhaird ea-coraich.* 14 *'Ta Crioſd a' cronachadh ceilg nam Phairiſeach ſanntach'.* 19 *Comhad a'ghebcaire ſhaibhir, agus an duine bhochd Lazaruis.*

AGUS a dubhairt ſè mar an ceudna r'a dheiſcibluibh, Bha duine ſaibhir àraidh ann aig an raibh ſtiobhard; agus chaſaideadh ris è, mar neach a bha deanamh ana-caithe' air a mhaoin.

2 Agus ghairm ſè è, agus a dubhairt ſè ris, Ciod ſo ata mi cluinntin a d' thimchioll, thoir cunntas air do ſtiobhardachd: oir cha 'n fheud thu bhi ni 's faide a' d' ſtiobhard.

3 Ann ſin a dubhairt an ſtiobhard ann fein, Ciod a ni mi? oir ata mo mhaighiſdir a' toirt na ſtiobhardachd uam: cha 'n urradh mi ruamhar a dheanamh, 's nàr leam déirc iarraidh.

4 Ata fhios agam ciod a ni mi, chum's 'n uair a chuirear as an ſtiobhardachd mi, gu 'n gabh iad a ſteach d'an tighibh mi.

5 Agus air dha gach aon diubhs' air an raibh fiacha aig a Thigearn' a ghairm d'a ionnſuidh, a dubhairt è ris a' cheud fhear, Cia mèud ata aig mo Thighearn' ortſa?

6 Agus a dubhairt eiſean, Ceud mioſur ola. Agus a dubhairt ſè ris, Gabh do * ſgriobha, agus ſuidh ſios gu h ealamh, agus ſgriobh leth-cheud.

7 Ann ſin a dubhairt è re fear eile, Agus cia mèud ata *aig* ortſa? Agus a dubhairt eiſean, Ceud mioſur cruithneachd. Agus a dubhairt è ris, Gabh do ſgriobha, agus ſgriobh ceithir fichead.

8 Agus mhol an Tighearna 'n ſtiobhard ea-corach, do bhri' gu 'n d' rinn ſè gu glic: oir ata clann an tſaoghail ſo 'n an ginealach fein ni 's glice na clann an t ſoluis.

9 Agus a deirimſe ribh, Deanaibh dhuibh fein càirdean le mammon na h ea-corach; chum's 'n uair is bàs duibh, gu 'n gabhthar ſibh do àitibh comhnuidh ſiorruidh.

10 'N ti 'ta fìrinneach ann ſan ni a's lugha, 'ta ſè fìrinneach mar an ceudna ann am mòran: agus an ti a 'ta ea-corach ann ſan ni a's lugha, 'ta ſè ea-corach ann am mòran mar an ceudna.

11 Air an àdhbhar ſin mur raibh ſibh fìrinneach ann ſan t ſaibhreas ea-corach, co a dh'earbas ribh an *ſaibhreas* fìrinneach?

12 Agus mur raibh ſibh fìrinneach ann an cuid duin' eile, co a bheir dhuibh an ni a's libh fein?

13 Cha 'n 'eil ſeirbhiſeach ſam bith comaſach air ſeirbhis a dheanamh do dhà thighearna: oir an dara cuid fuathaichidh ſè h aon aca, agus bheir è gràdh do'n fhear eile; no gabhaidh sè le neach aca agus ni è tarcuis air an neach eile. Cha 'n 'eil ſibh comaſach air ſeirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhammon.

14 Agus chuala fòs na Phairiſich, a bha ſanntach, na nithe ſin uile: agus rinn iad fanoid air.

15 Agus a dubhairt è riu, Is ſibhſe an dream a 'ta 'gar fìreanachadh fein am fia'nais dhaoine; ach 's aithne

* chlàr-sgriobhaidh.

aithne do Dhia bhur croidheacha: oir an ni ſin a'ta ro-mheaſail aig daoinibh, is gràineileachd è 'm fia'-nais De.

16 *Bha* 'n lagh agus na fàidhean ann gu teachd Eoin: o ſin 'ta rioghachd Dhe air a ſearmona-chadh, agus ata na h uile a' dol le dian-ſtri' a ſteach innte.

17 Agus is uſa' do neamh agus do 'n talumh dol thart', na aon lide do 'n lagh a thuiteam.

18 Gach uile neach a chuireas uaithe a bhean, agus a phòſas bean eile, 'ta ſè deanamh adhal-tranais: agus ge b'è neach a phò-ſas a' bhean a chuireadh air falbh o a fear, a 'ta ſè deanamh adhaltranais.

19 Bha duine ſaibhir àraidh ann, a bha air a ſgeudachadh le purpuir agus lion-eadach grinn, *agus bha è* caitheamh a bheatha gach là gu ſòghail le mòr-ghreadh-machas.

20 Agus bha duine bochd àraidh ann, d' am b'ainm Laſarus, a chuireadh 'n a luidhe aig a dhorus, làn do chreuchdaibh,

21 Agus bu mhiann leis bhi air a ſhàſuchadh leis * a' phronn-bhiadh a bha tuiteam o bhòrd an duine ſhaibhir: tuilleadh eile, thainig na madraidh agus dh' im-lich ſiad a chreuchda.

22 Agus thàrladh gu 'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu 'n do ghiulaineadh leis na h ainglibh è gu uchd Abraham: fhuair an duine ſaibhir bàs mar an ceudna, agus dh' adhlaiceadh è.

23 Agus ann an ifrionn thog è ſuas a ſhùile, air dha bhi ann am piantaibh, agus chunnaic è Abraham fada uaithe, agus La-ſarus 'na uchd.

24 Agus ghlaodh è, agus a dubhairt ſè, Athair Abraham, dean tròcair orm, agus cuir Laſarus, chum's gu 'n tum ſè barr a mheoir ann uiſge, agus gu 'm fuaraich ſe mo theanga; oir ata mi air mo ro-phianadh ſan laſair ſo.

25 Ach a dubhairt Abraham, A mhic, cuimhnich gu 'n d' fhuair thuſa do nithe maithe re àm dhuit bhi beo, agus Laſarus mar an ceudna droch nithe; ach a nois' ata eiſean a' faghail ſòlais, agus ata thuſa air do phianadh.

26 Agus a bharr air ſo uile, ata doimhne mhòr air a cur eidir ſiane agus ſibhſe: air chor agus iadſan leis am b'aill dol as ſo d'ar ionnſuidhſe, nach 'eil è 'n comas doibh; agus cha mhò 'ta è 'n comas do aon neach teachd as ſin d' ar n ionnſuidh-ne.

27 Ann ſin a dubhairt ſè, Uime ſin guidheam ort, athair, gu 'n cuireadh tu è gu tigh 'm athar:

28 Oir ata agam cuignear bhràithre; chum's gu 'n toir è fia'nais doibh, 'n t eagal gu 'n d' thig iadſan mar an ceudna do 'n ionad ro-phiantach ſo.

29 A deir Abraham ris, Ata Maois agus na fàidhean aca; eiſ-deadh iad riu-ſan.

30 Agus a dubhairt eiſean, Ni h eadh, athair Abraham: ach ma theid neach d' an ionnſuidh o na marbhaibh, ni fiad aithreachas.

31 Agus a dubhairt ſè ris, Mur eiſd iad re Maois agus ris na fàidh-ibh, ni mò a chreideas iad, ge d' eir'eadh neach o na marbhaibh.

CAIB. XVII.

1 *'Ta Crioſd a' teagaſg gur còir dhuinn àdhbhar cilbheim a ſheachnadh,* 3 *agus maitheamhnas a thoirt d'a chéile.* 6 *A' nochdadh mòr chumhachd beo-chreidimh.* 7 *Gu'm bheil ſinne fa cheangal do Dhia, agus nach 'eil eiſean mar ſin dhuinne.* 11 *Tha è ſlànu-chadh deichnear lobhar.* 22 *A' labhairt mu rioghachd Dhe, agus mu theachd Mhic an duine.*

ANN

* an ſorbileach.

ANN sin a dubhairt sè r'a dheisciobluibh, Cha 'n fheudar nach d'thig oilbheime: ach 's an-aoibhinn *da-sa* tre 'n d'thig iad.

2 B' fhearr dha gu'm biodh clochmhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu 'm biodh è air a thilgeadh san fhairge, na gu'n d' thugadh sè oilbheum dh' aon neach do 'n mhuintir bhig so.

3 Thugaibh an aire dhuibh fein: Ma pheacaicheas do bhràthair a' t'aghaidh, cronaich è; agus ma ghabhas è aithreachas, thoir maitheanas da.

4 Agus ma pheacaicheas è a' t-aghaidh seachd uaire san là, agus ma philleas è riut seachd uaire san là, ag radh, Ata aithreachas orm; thoir maitheanas da.

5 Agus a dubhairt na h abstoil ris an Tighearna, Mèudaich ar creidimh.

6 Agus a dubhairt an Tighearna, Nam biodh agaibh creidimh mar ghràinne do shiol mustaird, a deireadh sibh ris a' chraoibh Shicamin so, Bi air do spìonadh as do fhreamhaibh, agus bi air do shuidheachadh sa chuan; agus bhitheadh i umhal dhuibh.

7 Ach cia agaibhse aig am bhuil feirbhiseach a' treabhadh, no re buachailleachd, a deir ris air ball, taireis da teachd a steach o 'n fhearann, Thig agus suidh sios chum bìdh?

8 Agus nach dòchadh è radh ris, Ullamhaich ni a ghabhas mise gu m' shuipeir, agus crioslaich thu fein, agus friothail damh, gus an ith agus an òl mi; agus 'n a dhiaigh sin ithidh agus òlaidh tusa?

9 An toir è buidheachas do 'n t seirbhiseach sin do bhri' gu'n d'rinn sè na nithe a dh' òrduicheadh dha? ni 'n faoileam *gu 'n tabhair*.

10 Is mar sin sibhse, 'n uair a ni sibh na h uile nithe a dh'àithneadh dhuibh, abraibh, Is seirbhisich neo-tharbhach sinn: oir rinn sinn an ni bu dligheach dhuinn a dheanamh.

11 Agus tharladh, ag dol suas da gu Hierusalem, gu'n deachaidh sè tre mheadhon Shamaria agus na Galilee.

12 Agus 'n uair a bha è dol a stigh do bhaile àraidh, thachair deichnear dhaoine air a bha 'n an lobhair, a sheas fada uaithe:

13 Agus thog iad suas an guth, ag radh, Iosa a mhaighistir, dean trocair oirnne.

14 Agus 'n uair a chunnaic sè *iad*, a dubhairt sè riu, Im'ichibh *agus* nochdaibh sibh fein do na sagartaibh. Agus tharladh, ag im'eachd dhoibhse, gu 'n do ghlanadh iad.

15 Agus phill a h aon aca air ais 'n uair a chunnaic sè gu 'n do leighiseadh è, a' toirt glòir' do Dhia le guth àrd,

16 Agus thuit sè air aghaidh aig a chosaibhse, a' toirt buidheachais da: agus bu Shamaritanach è.

17 Agus fhreagair Iosa agus a dubhairt sè, Nach do ghlanadh deichnear? ach an naoidhnear, c'àit' am bheil iad.

18 Cha d' fhuaradh a phill a thoirt glòir' do Dhia, ach an coigreach so.

19 Agus a dubhairt sè ris, Eirich, im'ich; shlànuich do chreidimh thu.

20 Agus 'n uair a dh'fheòraich na Phairisich dheth, c'uin a thigeadh rioghachd Dhe; fhreagair sè iad agus a dubhairt sè, Cha d'thig riogachd Dhe air chor gu mothaichear dh'i.

21 Ni mò a their iad, Feuch ann so, no, feuch ann sin: oir feuch, ata rioghachd Dhe *cheana* 'n ar measg.

22 Agus

22 Agus a dubhairt fè ris na deiſciobluibh, Thig na làith' ann sa' miannach libh aon do laithibh Mhic an duine fhaicſin, agus cha'n fhaic ſibh è.

23 Agus their iad ribh, Fèuch ann ſo, no, fèuch ann ſûd: na rachaibh, agus na leanaibh *iad*.

24 Oir mar ata 'n dealanach a dhealraicheas o aon *ionad* ſa neamh, a' ſoillſeachadh gus an *ionad* eile ſa neamh: mar ſin a bhitheas Mac an duine mar an ceudna 'na là ſein.

25 Ach is eigin da air tùs mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis a' ghinealach ſo.

26 Agus amhuil mar a tharladh ann an laithibh Naoi, is ann mar ſin fòs a bhitheas ann an laithibh Mhic an duine.

27 Bha iad ag itheadh 's ag òl, a' pòſadh agus air an tabhairt am pòſadh, gus an là an deach' Naoi a ſteach do'n àirc: agus thainig an * dìle, agus ſgrios i iad uile.

28 Amhuil fòs mar a thachair ann laithibh Lot: bha iad ag itheadh agus ag òl, a' ceannach' agus a' reic', a' planndachadh agus a' tog'ail aitreabh:

29 Ach air an là ſin fein ann san deach' Lot amach a Sodom, fhraſadh teine agus pronnaſc o neamh, agus ſgrios sè iad uile:

30 Is ann mar ſin a bhitheas ann ſan là am foillſichear Mac an duine.

31 Ann ſan là ſin, an ti bhios air mullach an tighe, agus airneis ann ſan tigh, na d' thigeadh è 'nuas gus a toirt leis: agus an ti 'ta ſa mhach-thir, na pilleadh eiſean air ais mar an ceudna.

32 Cuimhnichibh bean Lot.

33 Ge b'è neach a dh' iarras a bheatha fein a ſhàbhaladh, caillidh sè i: agus ge b'è neach a chailleas anam, gleidhidh eiſean è.

34 A deirim ribh, ann ſan oidhch' ſin bithidh dias dhaoine ſan aon leabaidh; gabhthar a h aon aca, agus fagar am fear eile.

35 Bithidh dias bhan a' † meileadh cuideachd; gabhthar a h aon diubh agus fagar a' bhean eile.

36 Bithidh dias dhaoine ann ſa mhach-thir; gabhthar a h aon aca, agus fagar am fear eile.

37 Agus fhreagair iadſan agus a' dubhairt ſiad ris, C'àit', a Thighearna? agus a dubhairt eiſean riu, Ge b'è ball *am bi* 'n corp, ann an ſin cruinnichear na h iolairean.

CAIB. XVIII.

3 *Mu thimchioll na bain-treabhaich liofda.* 9 *Mu'n Phairiſeach agus mu'n Phuibliocanach.* 15 *Ta clann air an tabhairt gu Criofd.* 18 *B' àill le uachdaran àraidh Criofd a leantuin, ach ata sè air a bhacadh leis a ſhaibhreas.* 28 *Duais na muintir ſin a thréigeas gach uile ni air a ſgàth.* 31 *Ata è a' roimh-innſeadh a bhais,* 35 *agus ag aiſeag a radhairc do dhuine dall.*

AGUS labhair sè parabal riu, *a nochdadh dhoibh* gur còir ùrnuigh a dheanamh do ghnàth, agus gun fhannachadh;

2 Ag radh, Bha breitheamh ann am baile *àraidh*, air nach raibh eagal De, agus aig nach raibh urram do dhuine.

3 Agus bha bain-treabhach àraidh ſa bhaile ſin, agus thainig ſi d'a ionnſuidh, ag radh, Cum còir rium ann aghaidh mo nàmhaid.

4 Agus cha b'àill leis rè tamuill: ach 'n a dhiaigh ſin a dubhairt sè ann fein, Ge nach 'eil eagal De orm, no urram agam do dhuine;

5 Gidheadh air ſon gu bheil a' bhain-treabhach ſo cur dragh' orm, cumaidh mi còir ria, 'n t eagal leis a sìr-theachd gu 'n ſgìthich i mi.

6 Agus a dubhairt an Tighearna;

* tuil.

† bleath'.

earna, Eisdibh ciod a deir am breitheamh ea-corach.

7 Agus nach dean Dia ceartas d'a phobull taghta fein, a 'ta 'g éigheach ris a là agus a dh' oidhche, ge 'ta è fad-fhulangach mu 'n timchioll?

8 A deirim ribh gu 'n dean è dioghaltas air an son gu luath. Gidheadh, 'n uair a thig Mac an duine, am fuigh è creidimh air an talamh?

9 Agus labhair è 'n cosamhlachd so re dream àraidh bha 'g earbsa asda fein gu 'n raibh iad 'nam fìreanaibh, agus a bha deanamh tàir air dream eile:

10 Chuaidh dias dhaoine suas do 'n teampull a dheanamh ùrnuigh; fear aca 'na Phairiseach, agus am fear eile 'na Phuibliocanach.

11 Sheas am Phairiseach leis fein, agus rinn è ùrnuigh mar so, A Dhe, 'ta mi toirt buidheachais duit, nach 'eil mi mar *ata* daoin' eile, 'n an luchd foireigin, ea-corach, adhaltranach, no eadhon mar am Puibliocanach so.

12 'Ta mi deanamh trosg' dà uair san t seachduin, 'ta mi toirt deachmhaidh as na h uile ni a shealbhaicheam.

13 Agus air seasamh do'n Phuibliocanach fada air ais, cha b'àill leis fiu a shùl a thog'ail suas gu neamh, ach bhuail sè uchd, ag radh, A Dhia, dean trocair ormsa 'ta 'm pheacach.

14 A deirim ribh, *gur dòchadh* gu'n deachaidh an duine so sios d'a thigh air fhìreanachadh, na 'm fear ud eile: oir ge b'è neach a dh' àrdaicheas è fein, islichear è; agus ge b'è a dh' islicheas è fein, àrdaichear è.

15 Agus thug iad d'a ionnsuidh mar an ceudna naoidheana, chum 's gu'm beanadh sè riu: ach 'n uair a chunnaic na deiscibuil *so*, chronaich iad iad.

16 Ach air do Iosa an gairm d'a ionnsuidh, a dubhairt sè, Fuil'gibh do leanbaibh teachd a' m' ionnsuidhs', agus na bacaibh iad; oir is ann d'an leithidibh so 'ta rioghachd Dhe.

17 Gu deimhin a deirim ribh, ge b'è nach gabh rioghachd Dhe mar leanabh beag, nach d'theid è air chor sam bith a steach innte.

18 Agus dh' fheòraich uachdaran àraidh dheth, ag radh, A mhaighistir mhaith, ciod a ni mi chum gu 'n sealbhaicheam a' bheatha mhairtheanach?

19 Agus a dubhairt Iosa ris, C'ar son a ghoireas tu maith dhiomsa? ni bheil neach sam bith maith ach a h aon, *eadhon* Dia.

20 'S aithne dhuit na h àitheanta, Na dean adhaltranas, Na dean morta, Na dean goid, Na toir fia'nais bhreige, Thoir onoir do t athair agus do d'mhathair.

21 Agus a dubhairt eisean, Choimhid mi na nithe sin uile o m' òige.

22 Agus air cluinntin so do Iosa, a dubhairt sè ris, 'Ta aon ni fos a dh'uireasbhuidh ort: reic na h uile nithe 'ta agad, agus roinn air na bochdaibh, agus bithidh agad ionmhas air neamh: agus thig, *agus* lean mise.

23 Agus 'n uair a chual' è so, bha è ro-dhoilich: oir bha mòrbheartas aige.

24 Agus 'n uair a chunnaic Iosa gu 'n raibh è làn turse, a dubhairt sè, Cia * deacrach dhoibhsin aig am bheil saibhreas, dol a steach do rioghachd Dhe!

25 Oir is uiadh do chàmhal dol tre chrò snathaide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhe.

26 Agus a dubhairt iadsan a

* cruaidh orra sin.

chuala *fo*, Co ma feadh a dh' fheudas bhi air a fhàbhuladh ?

27 Ach a dubhairt eifean, Na nithe a 'ta ea-comafach do dhaoinibh, ata fiad foi-dheanta do Dhia.

28 Ann fin a dubhairt Peadar, Fèuch, dh' fhàg finne na h uile nithe, agus lean finn thufa.

29 Agus a dubhairt eifean riu, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil aon neach a dh' fhàg tigh, no pàranta', no bràithre, no bean-phòfda, no clann air fon rioghachd Dhe,

30 Nach fuigh moran ni 's mò ann fan ain-fir fo láthair, agus ann fan t-fuoghal a 'ta re teachd a' bheatha mhairtheanach.

31 Agus ghabh fè 'n dà-fhear-dheug d'a ionnfuidh, agus a dubhairt fè riu, Fèuch, ata finn a' dol fuas gu Hierufalem, agus bithidh gach uile nithe ata fgriobhta leis na faidhibh mu Mhac an duine, air an coi'-lionadh.

32 Oir bheir'ear thairis è do na cinneachaibh, agus theid fanoid a dheanamh air, agus malluichear è, agus gabhar do fhilibh air ;

33 Agus fgiurfuidh agus marbhaidh fiad è : agus air an treas là eir'idh fè 'ris.

34 Agus cha do thuig iadfan aon ni dhiubh fo : agus bha na briathra fo folaichte orra, agus cha do thuig iad na nithe a dubhradh.

35 Agus tharladh, 'n uair a dhruid è re Iericho, gu'n raibh dall àraidh 'n a fhuidhe re taoibh an ròid, ag iarraidh déirce.

36 Agus air cluinntin an t-fluaigh a' dol feachad, dh'fheòraich è ciod bu chiall da *fo*.

37 Agus dh' innis iad da, gur b'è Iofa o Nafaret a bha gabhail feachad.

38 Agus ghlaodh è, ag radh, Iofa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

39 Agus chronaich iadfan a bha air thoifeach è, chum's gu'm biodh è 'n a thofd : ach bu mhòid gu mòr a ghlaodh eifean, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

40 Agus air feafamh do Iofa, dh' àithn fè a thoirt d'a ionnfuidh : agus 'n uair a thainig è 'm fogus da, dh' fheòraich fè dheth,

41 Ag radh, Ciod is àill leat mife a dheanamh dhuit ? agus a dubhairt eifean, A Thighearna, mi dh' fhaghail mo radhairc.

42 Agus a dubhairt Iofa ris, Biodh do radhare agad : fhlànuich do chreidimh thu.

43 Agus air ball fhuair fè a radhare, agus lean fè è, a' toirt glòir' do Dhia : agus thug an fluagh uile cliu do Dhia, 'n uair a chunnaic iad *fo*.

CAIB. XIX.

1 *Mu thimchioll Shaccheus a' phuiblicanaich.* 11 *Na deich puinnd airgid.* 28 *'Ta Criofd a' marcachd do Hierufalem le greadhnachas,* 41 *ag caoidh air a fon.* 45 *a' tilgeadh 'mach an luchd ceannuigheachd agus reic' as an teampull;* 47 *ag teagafg dha gach là ann, b' àill leis na h uachdaranaibh a mhilleadh, mur bhiodh air fon eagail an t-fluaigh.*

AGUS air do *Iofa* dol a fteach, chuaidh fè tre Iericho.

2 Agus fèuch, *bha* duin' ann d' am b' ainm Saccheus, agus b' uachdaran è air na Puibliocanaibh, agus bha è faibhir :

3 Agus bha déidh aig' air Iofa fhaicfin, co è, agus cha b' urradh è air fon an t-fluaigh, chionn gu'n raibh fe iofal 'n a phearfuin.

4 Agus ruidh fe roimhe, agus ftreap è fuas ann an craoibh Shicamoir, chum's gu faiceadh fè è ; oir bha è gus an t-flighe fin a ghabhail.

5 Agus 'n uair a thainig Iofa chum

chum an àite sin, air dha amharc suas, chunnaic sè è, agus a dubhairt sè ris, A Shaccheus, thig a nuas gu grad; oir is eigin damh stad an diu aig do thigh.

6 Agus thainig è 'nuas le cabhaig, agus ghabh è ris gu * lua'-ghairreach.

7 Agus 'n uair a chunnaic iad *so*, rinn iad uile monmhor, ag radh, Gu'n deachaidh sè steach air aoidheachd gu duin' a 'ta 'n a pheacach.

8 Agus sheas Saccheus agus a dubhairt sè ris an Tighearna, Feuch, a Thighearna, 'ta mi toirt leith mo mhaoin do na bochdaibh: agus ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhréige, bheiream *dha* a cheithir uiread.

9 Agus a dubhairt Iosa ris, Thainig slaint' an diu a dh'-ionnsuidh 'n tighe so, do bhri' gur mac do Abraham eisean fòs.

10 Oir thainig Mac an duine a dh' iarraidh agus a thearnadh an ni sin a bha caillte.

11 Agus mar a chual' iad na nithe sin, chuir sè ris, agus labhair è parabal, do bhri' gu 'n raibh sè 'm fogus do Hierusalem, agus gu'n do shaoil iadsan gu 'm biodh rioghachd Dhe air a gradfhoillseachadh.

12 Air an àdhbhar sin a dubhairt sè, Chuaidh duin' uasal àraidh do dhùthaich am fad a † dh' fhaghail rioghachd dha fein, agus a philltin air ais.

13 Agus ghairm sè a dheich searbhanta, agus thug è dhoibh deich puinnd, agus a dubhairt sè riu, Cuiribh gu buil iad, gus an d' thig mise.

14 Ach bha fuath aig muintir a dhùthcha dha, agus chuir iad teachdaireachd 'na dhiaigh, ag radh, Cha'n àill leinn an duine so bhi 'n a righ oirn'.

15 Agus tharladh, 'n uair a phill sè air ais, taireis da an rioghachd fhaghail, ann sin gu'n d' òrduich sè na seirbhisich ud bhi air an gairm d'a ionnsuidh, d' an d' thug sè 'n t airgiod, chum gu 'm biodh fhios aige creud a bhuannaich gach aon aca leis a bhaileachadh.

16 Ann sin thainig an ceud *fhear*, ag radh, A Thighearna, bhuidhinn do phunnd deich puinnd.

17 Agus a dubhairt sè ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich: do bhri' gu 'n raibh thusa fìrinneach ann an ro-bheagan, biodh agad-sa uachdranachd air deich bailtibh.

18 Agus thainig an dara *fear*, ag radh, A Thighearna, rinn do phunnd cuig puinnd.

19 Agus a dubhairt sè fòs risean, Bi-sa mar an ceudna oscionn chuig bailte.

20 Agus thainig *fear* eile, ag radh, a Thighearna, feuch, do phunnd, a bha agamsa taisgt' ann an neapaicin:

21 Oir bha eagal orm romhad, do bhri' gur duine geur-theann thu: 'ta thu a' tog'ail an ni nach do leag thu, agus a' buain an ni nach do chuir thu.

22 Agus a dubhairt sè ris, As do bheul fein bheiream breith ort, a dhroch sheirbhisich. Bha fhios agad gu 'm bu duine geur-theann mi, tog'ail an ni nach do leag mi, agus a' buain an ni nach do chuir mi:

23 Air an àdhbhar sin c'ar son nach do chuir thu m' airgiod ‡ do'n bhanc, agus air teachd dhamh-sa thogainn è le phiseach?

24 Agus a dubhairt sè riu-san a bha 'nan seasamh a làthair, Thugaibh uaithe am punnd, agus thoiribh dha-san *è* aig am bheil deich puinnd.

25 (Agus

* subhach. † dh' fhaotain. ‡ air riadh.

25 (Agus a dubhairt iad ris, A Thighearna, 'ta deich puinnd aige.)

26 Oir a deirim ribh, Gu 'n toirear do gach neach aig am bheil: agus uaithe fin aig nach 'eil, bheir'ear eadhon an ni fin 'ta aige.

27 Ach thugaibh ann fo na naimhde ud agamfa, leis nach b' aill mife bhi 'm righ os an ceann, agus marbhaibh a'm' fhianais *iad*.

28 Agus air dha fo a radh, dh' imich fe rompa, a' dol fuas gu Hierufalem.

29 Agus tharladh 'n uair a dhruid è re Betphage agus Betani, laimh ris an t fliabh d' an goir'ear *fliabh* nan Oluidh', gu'n do chuir fè dias d'a dheifciobluibh uaithe,

30 Ag radh, Im'ichibh do 'n bhaile 'ta fa 'r comhair; ann sam fuigh fibh, air dol dhuibh a fteach, fearrach ceangailte, air nach do fhuidh aon duine riamh: fuafglaibh, agus thugaibh ann fo è.

31 Agus ma dh' fheòraicheas aon neach dhibh, C'ar fon ata fibh 'g*a* fhuafgladh? mar fo a their fibh ris, Ata feum aig an Tighearn' air.

32 Agus air im'eachd dhoibhfin a chuireadh air falbh, fhuair iad eadhon mar a dubhairt fè riu.

33 Agus 'n uair a bha iad a' fuafgladh an t fearraich, a dubhairt a fhealbhadoirean riu, C'ar fon ata fibh a' fuafgladh an t fearraich?

34 Agus a dubhairt iadfan, 'Ta feum aig an Tighearn' air.

35 Agus thug iad gu h Iofa è: agus thilg iad an eadach air an t fearrach, agus chuir iad Iofa air.

36 Agus ag im'eachd dha-fan, fgaoil iad an eadach fuidhe air an t flighe.

37 Agus 'n uair do thainig è 'm fogus, eadhon gu dol fios fleibh nan Oluidh', thoiaich mòr-chuideachd nan deifciobul uile re gairdeachas a dheanamh, agus moladh a thoirt do Dhia le guth àrd, air fon nan uile oibridh cumhachdach' a chunnaic iad,

38 Ag radh, Gu ma beannuicht' an righ 'ta teachd ann ainm an Tighearna: sìth air neamh, agus glòir ann fna h àrdaibh.

39 Agus a dubhairt cuid do na Phairifichibh o mheafg an t fluaigh' ris, A mhaighifdir, cronaich do dheifciobuil.

40 Agus fhreagair eifean, agus a dubhairt fe riu, A deirim ribh, nam fanadh iad fin 'nan tofd, gu 'n glaodhadh na clocha fein air ball.

41 Agus 'nuair a thainig è 'm fogus, chunnaic è 'm baile, agus ghuil fe air a fhon,

42 Ag radh, Nam b'aithne dhuit, eadhon dhuitfe, air bheag fam bith ann do là fo fein, na nithe a bhuineas do d' fhìth! ach anois' ata iad folaicht' o d' fhùilibh.

43 Oir thig na làith' ort, ann s an tilg do naimhde dìg mu d' thimchioll, agus iadhaidh iad umad m' an cuairt, agus druididh iad a ftigh air gach taobh thu,

44 Agus leagaidh iad co'-iofal ris an lar thu, agus do chlann ionnad; agus cha 'n fhàg iad ionnad cloch air muin cloiche: do bhri' nach b' aithne dhuit aimfir t fhiofrachaidh.

45 Agus chuaidh è fteach do 'n teampull, agus thòfaich è air an dream a bha reic', agus a' ceannach' ann a thilgeadh amach,

46 Ag radh riu, 'Ta è fgriobhta, Is tigh urnuigh mo thigh-fe: ach rinn fibh-fe flochd mheirleach dheth.

47 Agus bha è gach là a' teagafg fan teampull. Ach dh' iarr na h àrd-fhagairt agus na fgriobhuichean, agus ceannardan a' phobuill eifean a mhilleadh,

48 Gidheadh cha raibh fhios aca

aca creud a dheanadh iad : oir bha 'm pobull uile 'ga eisteachd le roaire.

CAIB. XX.

1 *'Ta Crioſd a' dearbhadh gu'n raibh deadh ùghdarras aige, le ceiſt mu bhaiſdeadh Eoin.* 9 *Parabal an fhion-lios.* 19 *Mu thimchioll cìs a theirt do Cheaſar.* 27 *'Ta ſé dearbhadh mearachd nan Sadduſach, a bha 'g àichſheun' eiſ-eirigh nam marbh.* 41 *Cionnas is è Crioſd mac Dhaibhidh.* 45 *Ata è toirt rabhaidh d'a dheiſciobluibh bhi air am faicill o na Sgriobhuichibh.*

AGUS tharladh air aon do na laithibh ſin, 'n uair a bha è teagaſg a' phobuill ſan teampull, agus a' ſearmonach' an t ſoiſgeil, gu'n d' thainig na h àrd-ſhagairt agus na ſgriobhuichean air, maille ris na ſeanoiribh,

2 Agus labhair iad ris, ag radh, innis duinne, creud è an t ùghdarras leis am bheil thu a' deanamh nan nithe ſo? no co eiſean a thug an t ùghdarras ſo dhuit?

3 Agus fhreagair eiſean agus a dubhairt ſé riu, Feòraichidh miſe mar an ceudna aon ni dhibhſe; agus freagraibh mi :

4 Baiſdeadh Eoin, 'n ann o neamh a bha è, no o dhaoinibh?

5 Agus reaſonaich iad eatorra fein, ag radh, Ma deir ſinn, O neamh; their eiſean, C'ar ſon ma 'ta nach do chreid ſibh è?

6 Ach ma deir ſinn, O dhaoinibh; clochuidh am pobull uile ſinn: oir is deimhin leo gu'm b'fhàidh Eoin.

7 Agus fhreagair iadſan, Nach raibh fhios aca cia uaith' *a bha è.*

8 Agus a dubhairt Ioſa riu, Ni mò a dh' innſeam-ſa dhuibhſe ciod è an t ùghdarras tre 'n deanam na nithe ſo.

9 Ann ſin thòſaich è air a' choſamhlachd ſo labhairt ris an t ſluagh: Phlannduich duine àraidh gàradh-fiona, agus ſhuidhich ſé air tuath è; agus chuaidh è air choigrich rè aimſir fhada.

10 Agus ann ſan àm dhligheach, chuir è ſeirbhiſeach dh' ionnſuidh na tuatha, chum gu'n d' thugadh iad da do thoradh an fhion-lios: ach ghabh an tuath air, agus chuir iad uatha folamh *è.*

11 Agus a-rìs chuir è ſeirbhiſeach eile uaithe; agus ghabh iad air-ſin mar an ceudna, agus mhaſlaich ſiad *è,* agus chuir iad uatha folamh *è.*

12 Agus a thuill' air ſin chuir è 'n treas *ſeirbhiſeach uaithe;* agus lot ſiad eiſean mar an ceudna, agus thilg iad amach *è.*

13 Ann ſin a dubhairt Tighearna an fhion-lios, Ciod a ni mi? cuiridh mi mo Mhac gràdhach *d' an ionnſuidh:* feudaidh è bith, air fhaicſin doibh, gu 'n toir iad onoir dha.

14 Ach 'n uair a chunnaic an tuath è, reaſonaich iad eatorra fein, ag radh, Is è ſo an t oighre: thigibh, marbhamaid è, chum's gu'm bi 'n oighreachd againn fein.

15 Agus thilg ſiad amach as an fhion-lios è, agus mharbh iad è. Ciod uime ſin a ni Tighearna an fhion-lios riu?

16 Thig è agus ſgrioſaidh ſé an tuath ud, agus bheir è 'm fion-lios do dhaoinibh eile. Agus 'n uair a chual' iad *ſo,* a dubhairt ſiad, Nar leigeadh Dia.

17 Agus air dha-ſan amharc orra, a dubhairt ſé, Ciod è ſo ma ſeadh a 'ta ſgriobht', A' chloch a dhiult na clochairean, rinneadh ceann na h oifinn dith?

18 Ge b'è neach a thuiteas air a' chloich ud, briſear è: ach ge b'è neach air an tuit i, pronnfaidh ſi gu luaithreadh è.

19 Agus

19 Agus ann san uair sin sein dh' iarr na h àrd-shagairt agus na sgriobhuichean làmh a chur ann; ach bha eagal a' phobuill orra: oir thuig iad gur b' ann 'n an aghaidh fein a labhair è 'n cosamhlachd so.

20 Agus rinn iad geur-fhaire *air*, agus chuir iad amach luchd-feill, a leigeadh orra fein a bhi 'n am fìreanaibh, chum gu 'n deanadh iad greim air fhoclaibh, air chor 's gu'n d' thugadh iad thairis è do chumhachd agus do ùghdarras an uachdarain.

21 Agus dh' fheòraich iad deth, ag radh, A mhaighistir, ata fhios againne gu bheil thu labhairt agus a' teagasg gu ceart, ni mò 'ta suim agad do phearsuin *aon duine*, ach ata thu teagasg slighe Dhe a reir na firinn..

22 Am bheil è ceaduichte dhuinne cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil?

23 Ach thuig eisean an cuilbheartachd, agus a dubhairt fè riu, C'arson ata sibh ga m' bhuaireadh?

24 Nochdaibh dhamh-sa peghinn: cia leis i an iomhaigh agus an sgriobhadh a 'ta uirre? Fhreagair iadsan agus a dubhairt siad, Le Ceasar.

25 Agus a dubhairt eisean riu, Thugaibhse air an àdhbhar sin do Cheasar, na nithe 's le Ceasar, agus do Dhia, na nithe 's le Dia.

26 Agus cha b' urradh iad greim a dheanamh air fhoclaibh am fia'nais an t sluaigh: agus ghabh iad iongantas r'a fhreagradh, agus dh' fhan iad 'n an tosd.

27 Ann sin thainig d'a ionnsuidh dream àraidh do na Sadducachaibh (a 'ta 'g àichsheun' gu bheil eiseirigh ann) agus dh' fheòraich siad deth,

28 Ag radh, A mhaighistir, sgriobh Maois dhuinne, Ma gheibh bràthair duin' air bith bàs, agus bean-phòsda aige, agus gu 'm fuigheadh è bàs gun chlann, gu 'n gabhadh a bhràthair a bhean, agus gu 'n togadh è suas sliochd d'a bhràthair.

29 Air an àdhbhar sin, bha seachdnar bhràithre ann: agus ghabh an ceud fhear bean, agus fhuair e bas gun chlann.

30 Agus ghabh an dara fear i mar mhnaoi, agus fhuair eisean bàs gun chlann.

31 Agus ghabh an treas fear i; agus mar an ceudna an t seachdnar. Agus cha d' fhàg iad clann, agus fhuair iad bàs.

32 Fa dheireadh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

33 Ann san eis-eirigh uime sin, co ac' aig am bi i 'n a mnaoi? oir bha i aig an t seachdnar 'n a mnaoi.

34 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt fè riu, Ata clann an t saoghail so a' pòsadh, agus air an tabhairt am pòsadh:

35 Ach an droing sin a mheasar gur fiu iad an saoghal ud fhaghail, agus an eis-eirigh o na marbhaibh, cha 'n 'eil iad a' pòsadh, no air an tabhairt am pòsadh.

36 Agus ni h eudar leo bàs fhaghail ni 's mò; oir ata siad ann coi'-inbhe ris na h ainglibh, agus is iad clann De iad, air bhi dhoibh 'n an cloinn do 'n eis-eirigh.

37 'Noise gu 'n eirich na mairbh, nochd Maois fein aig a' phreas, 'n uair ata fè gairm do 'n Tigh-earna Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacob

38 Oir cha 'n è Dia nam marbh è, ach nam beo: oir ata gach uile beo dha-san.

39 Ann sin fhreagair dream àraidh do na Sgriobhuichibh, agus a dubhairt siad, A mhaighistir, 's maith a labhair thu.

40 Agus

40 Agus cha raibh chroidh' aca tuilleadh ni ſam bith fheòraich dheth.

41 Agus a dubhairt sè riu, Cionnas a deir iad gur è Crioſd mac Dhaibhidh?

42 Agus a deir Daibhidh fein ann an leabhar nan ſalm, A dubhairt an Tighearna re m' Thighearna, Suidh air mo làimh dheis,

43 Gus an cuir mi do naimhde 'n an ſtòl fuidh d' chofaibh.

44 'Sa Daibhidh air an àdhbhar ſin a' gairm a Thighearna dheth, cionnas ma ſeadh is è mhac è?

45 Ann ſin a dubhairt ſè r'a dheiſciobluibh, ann an eiſdeachd a' phobuill uile,

46 Thugaibh an aire dhuibh fein o na Sgriobhuichibh, leis am miann im'eachd ann an culaidhibh fada, agus leis an ionmhuinn fàiltidh ann ſna margaibh, agus na caithriche 's àirde ann ſna ſionagogaibh, agus na ceud àiteacha-ſuidhe aig féiſdibh;

47 A bhluigeas ſuas tighean bhain-treabhach, agus air ſgàth * ſgèimh a ni ùrnuighean fada: gheibh iad ſin an damnadh a's mò.

CAIB. XXI.

1 *'Ta Crioſd a' moladh na bain-treabhaich bhochd: 5 A' roimh-innſeadh ſgrios an teampuill, agus bhaile Ieruſaleim: 25 Mar an ceudna na comharthaidh bhios ann roimh an là dheireannach: 34 Ag earail orra faire a dheanamh.*

AGUS air dha amharc ſuas, chunnaic è na daoine faibhre tilgeadh an tiodhlaca ann àite coimhead an ionmhais.

2 Agus chunnaic è mar an ceudna bain treabhach bhochd àraidh, a' tilgeadh dà leith-fheoirling ann ſin.

3 Agus a dubhairt ſè, Gu fìrinneach, a deirim rib'ſi, gu'n do chuir a bhain-treabhach bhochd ſo ni 's mò ann na iad uile.

4 Oir thilg iad ſo uile d'am pailteas a ſteach do thiodhlacaibh Dhe: ach thilg iſe d'a h uireaſbhuidh fein am beathachadh uile a bha aice.

5 Agus air do chuid aca bhi labhairt m' an teampull, mar a bha è àir a dheanamh maiſeach le clochaibh ſgiamhach, agus le tiodhlacaibh, a dubhairt ſè,

6 *Mu thimchioll* nan nithe ſo a chi ſibh, thig na làith', ann ſnach fàgar cloch air muin cloiche *dhiubh*, nach tilgear ſios.

7 Agus dh' fheòraich iadſan deth, ag radh, A mhaighiſdir, c'uin ma 'ta bhitheas na nithe ſo? agus ciod an comharth' *bhios ann* 'n uair a tharlas na nithe ſo?

8 Agus a dubhairt eiſean, Fèuchaibh nach meallthar ſibh: oir thig mòran ann m' ainmſe, ag radh, 'S miſe *Crioſd*; agus 'ta 'n t àm am fogus: uime ſin na leanaibh iad.

9 Ach 'n uair a chluinneas ſibh cogaidh, agus † iomluaſgaidh, na biodh mòr-gheilt oirbh: oir is eigin do na nithibh ſo tachairt air tûs, ach cha *'n 'eil* a' chrioch air ball.

10 Ann ſin a dubhairt ſè riu, Eir'idh cinneach ann aghaidh cinnich, agus rioghachd ann aghaidh rioghachd:

11 Agus bithidh criothanna mòra talmhain ann an iomadh àite, agus gortaidh, agus plàighean, agus nithe ua'bhaſach', agus comharthaidh mòra o neamh.

12 Ach rompa ſo uile cuiridh iad làmh ionnaibhſe, agus geurleanaidh iad *ſibh*, 'gar tabhairt thairis do ‡ choi'-thionalaibh, agus do phrìoſunaibh, 'gar tabhairt chum righridh agus uachdaran air ſgàth m' ainmſe.

13 Agus

* deadh chos'laſs.

† buaireas. ‡ ſionagogaibh.

13 Agus tachraidh ſo dhuibhſe mar fhia'nais.

14 Air an àdhbhar ſin daingnichibh ann bhur croidhibh, gun ſmuainteachadh roimh-làimh, ciod a fhreagras ſibh air bhur ſon fein.

15 Oir bheir miſe dhuibh beul agus gliocas, nach bi bhur naimhde uile comaſach air labhairt no cur 'n a aghaidh.

16 Brathar ſibh le 'r pàrantaibh, agus le 'r bràithribh, agus le 'r luchd dàimh', agus le 'r càirdibh; agus bheir iad ſainear *cuid* agaibh a chur gu bàs.

17 Agus bithidh ſuath aig gach uile dhaoinibh dhuibh air ſon m' ainmſe.

18 Ach ni 'n caillear ſoiltean do ghruaig bhur cinn.

19 Ann bhur foighidin ſealbhaichibh bhur n anama fein.

20 Agus 'n uair a chi ſibh Ierusalem air a cuartachadh le armailtibh, ann ſin biodh fhios agaibh gu bheil a làſachadh 'm fogus.

21 Ann ſin teicheadh iadſan ata ann Iudea chum nam beann; agus im'icheadh iadſan a 'ta 'n a meadhon amach aiſde; agus na rachadh iadſan a'ta ſa mhach-thir, a ſteach innte.

22 Oir is iad ſin làith' an dioghaltais, chum gu 'n coi'-lionar na h uile nithe 'ta ſgriobht'.

23 Ach mo thruaighe na mnài a bhios torrach, agus iadſan a bhios a' toirt cìche ann ſna laithibh ſin: oir bithidh cruaidh-chàs mòr ſàn dùthaich, agus fearg air a' phobull ſo.

24 Agus tuitidh iad le faobhar a' chloidheimh, agus bheir'ear iad am braighdeanas chum nan uile chinneach: agus bithidh Ierusalem air a ſaltairt ſios fuidh na Geintileachaibh, gus an coi'-lionar aimſire nan Geintileach.

25 Agus bithidh comharthaidh ann ſa ghréin, agus ann ſa ghealaich, agus ann ſna reultaibh; agus air an talamh teann-eigin nan cinneach, tre iom-cheiſt, an cuan agus na tonna a' beuchdaich;

26 Croidhe dhaoine 'gan tréigſin tre eagal, agus feitheamh nan nithe ſin a 'ta teachd air an domhan: oir bithidh cumhachda nan neamha air an crathadh.

27 Agus ann ſin chi ſiad Mac an duine a' teachd ann an nèul, le cumhachd agus mòr-ghlòir.

28 Agus 'n uair a thòſaicheas na nithe ſo air tachairt, ann ſin amhaircibh ſuas, agus togaibh bhur cinn; oir ata bhur ſaorſa am fogus.

29 Agus labhair è * parabal riu, Amhaircibh air a' chrann-fhìge, agus na craobhan uile;

30 'Nuair a bhios iad cheana ag cur amach *an duilleich*, air fhaicſin duibh, aithnichidh ſibh uaibh fein, gu bheil an ſamhra' 'nois' am fogus.

31 Agus mar an ceudna ſibhſe, 'n uair a chi ſibh na nithe ſo a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bhuil rioghachd Dhe fogus do làimh.

32 Gu deimhin a deirim ribh, nach d' theid an † linn ſo thairis, gus an coi'-lionar na nithe *ſo* uile.

33 Theid neamh agus talamh thart': ach cha d' theid mo bhriathra-ſa thart' a choidhch'.

34 Agus thugaibh an aire dhuibh fein, an t eagal uair air bith gu 'm bi bhur croidhe fuidh uallaich le geòcaireachd, agus le meiſg, agus le mòr-chùram mu nithibh na beatha ſo, agus gu'n d' thig an là ud oirbh gu h obann.

35 Oir mar ribe do thig ſè air na h uile dhaoinibh, ata 'g àiteachadh aghaidh na talmhain uile.

36 Deanaibhſe

* coſamhlachd. † ginealach.

36 Deanaibhſe air an àdhbhar ſiu ſaire, ag deanamh ùrnuigh do ghnà', chum's gu measfar gur fiu ſibh dol as o na nithibh ſin uile 'ta gu teachd, agus ſeaſamh ann làthair Mhic an duine.

37 Agus bha è ſan là a' teagaſg ſan teampull, agus ſan oidhche chuaidh ſè 'mach, agus dh' fhan è air an t ſliabh, d' an goir'ear *ſliabh* nan Oluidh'.

38 Agus thainig an ſluagh uile gu moch air mhaidin d'a ionnſuidh ſan teampull, a dh' eiſteachd ris.

CAIB. XXII.

1 *'Ta na h Iudhaich a' gabhail comhairle 'n aghaidh Ioſa.* 3 *'Ta Satan ag aomadh Iudais gu feilleachadh air.* 7 *Ata na abſtoil ag ullamhachadh na càiſg'.* 19 *'Ta Crioſd ag òrduchadh a ſhuipeir' naomha,* 21 *agus os ioſal ag innſeadh co è an traiteir ;* 24 *a' teagaſg do na h abſtolaibh eile gun iad a bhi àrd-inntineach,* 32 *a' dearbh-innſeadh do Pheadar nach dìobradh a chreidimh è,* 34 *ach gu'n àichſheunadh ſè eiſean tri uaire :* 39 *A' deanamh ùrnuigh, agus fuidh fhallas fola,* 47 *air a bhrath' le pòig :* 50 *A' ſlanuchadh cluais Mhalchuis :* 54 *Air àichſheunadh tri uaire le Peadar,* 63 *a' faghail tàir agus maſlaidh,* 66 *agus ag aid'eachadh gur è fein Mac Dhe.*

NOISE do dhruid *riu* féiſd an arain gun làibhin, d'an goir'ear a' chàiſg.

2 Agus bha na h àrd-ſhagairt agus na ſgriobhnichean ag iarraidh cionnas a dh' fheudadh iad eiſean a chur gu bàs ; oir bha eagal a' phobuill orra.

3 Ann ſin chuaidh Satan ann Iudas d' an co'-ainm Iſcariot, neach a bha do àireamh an dà-fhirdheug.

4 Agus dh'imich è, agus labhair è ris na h àrd-ſhagartaibh agus re caiptinibh *an teampuill*, cionnas a bhrathadh ſè eiſean doibh.

5 Agus bha iad ſubhach, agus rinn iad cùmhnant *ris*, airgiod a thabhairt da.

6 Agus gheall eiſean, agus dh'iarr è àm iomchu'idh air a bhrath' dhoibh gun am pobull a bhi làthair.

7 Ann ſin thainig là an arain gun làibhin, ann ſam b' eigin an t uan-càiſg' a mharbhadh.

8 Agus chuir è uaithe Peadar agus Eoin, ag radh, Im'ichibh, agus ull'uichibh dhuinn a' chaiſg, chum gu 'n itheamaid.

9 Agus a dubhairt iadſan ris, C'ait' an àill leat ſinn a dh' ull'uchadh ?

10 Agus a dubhairt ſè riu, Fèuch, air dhuibh dol a ſteach do 'n bhaile, tachraidh oirbh duine, a' giulan ſoithich uiſge ; leanaibh è do 'n tigh ann s an d' theid è ſteach.

11 Agus abruibh re fear an tighe, A deir am maighiſdir riut, C'ait' am bheil an ſeomar-aoidheachd ann s an ith mi chàiſg maille re m' dheiſciobluibh ?

12 Agus ſèuchaidh ſè dhuibh àrd ſheomar iarſaing uidhimichte : ull'uichibh's' ann ſin

13 Agus dh imich iad agus fhuair iad mar a dubhairt ſè riu : agus dh' ull'uich iad a' chàiſg.

14 Agus 'n tra thainig an uair, ſhuidh è ſios, agus an dà-abſtoldeug maille ris.

15 Agus a dubhairt ſè riu, Le mòr-thogradh mhiannaich mi a' chaiſg ſo itheadh maille ribh roimh dhamh ſulang.

16 Oir a deirim ribh, Nach ith mi dhith tuilleadh, gus an coi'-lionar i ann rioghachd Dhe.

17 Agus ghlac ſè 'n cupan, agus air dha buidheachas a thabhairt,

a dubhairt fè, Gabhaibh fo, agus roinnibh eadruibh fein è.

18 Oir a deirim ribh, nach òl mi do thoradh na fìneamhain, gus an d' thig rioghachd Dhe.

19 Agus ghlac fè aran, agus taireis buidheachas a thabhairt, bhris fè, agus thug fè dhoibhfin è, ag radh, 'Sè fo mo chorp-fa a 'ta air a thoirt air bhur fonfa: deanuibh fo mar chuimhne ormfa.

20 Agus mar an ceudna an cupan, ann diaigh na fuipeir', ag radh, Is è 'n cupan fo an tiomnanuadh ann m' fhuilfe, a dhòirteadh air bhur fon-fa.

21 Ach fèuch, làmh an ti bhrathas mife maille rium air a' bhòrd.

22 Agus gu fìrinneach ata Mac an duine ag im'eachd a reir mar a dh' òrduicheadh: ach 's an-aoibhinn do 'n duine fin leis am brathar è.

23 Agus thòfaich iadfan air rannfachadh eatorra fein, co aca bha gus an ni fo a dheanamh.

24 Agus bha fòs comhftribh eatorra, co aca bu mhò a bhiodh.

25 Ach a dubhairt eifean riu, Ata aig righribh nan Geintileach tighearnas orra; agus goir'ear daoine fial dhiubhfan, aig am bheil ùghdarras orra.

26 Ach na bithibhfe mar fin: ach an neach a's mò 'nar meafg, biodh è mar an neach a's òige; agus an ti a's àirde, mar eifean ata re frithealadh.

27 Oir co aca 's mò, 'n ti a fhuidheas air bòrd, no eifean a ni frithealadh? nach è 'n ti a fhuidheas? ach ata mife 'nar meafg-fa mar fhear-frithealaidh.

28 Is fibhfe iadfan a dh' fhan maille riumfa ann mo bhuairibh,

29 Agus ata mife 'g òrduchadh dhuibh rioghachd, mar a dh' òrduich m' Athair dhamh fa:

30 Chum's gu'n ith agus gu 'n òl fibh air mo bhòrd-fa ann mo rioghachd, agus gu 'n fuidh fibh air caithrichibh rioghail, a' toirt breith air dà-threibh-dheug Ifraeil.

31 Agus a dubhairt an Tighearna, A Shimoin, a Shimoin, fèuch, dh' iarr Satan fibhfe, chum *bhur* criaradh mar chrui'neachd:

32 Ach ghuidh mife air do fhonfa, nach diobradh do chreidimh thu: agus 'n uair a dh' iompoichear thu, neartuich do bhràithre.

33 Agus a dubhairt eifean ris, A Thighearna, 'ta mife ullamh gu dol maille riut araon chum prìofuin, agus a chum bàis.

34 Agus a dubhairt eifean, A deirim riut, a Pheadair, nach goir an coileach an diu, gus an àichfheun thu tri uaire gur aithne dhuit mi.

35 Agus a dubhairt fè riu, 'N uair a chuir mi uam fibh gun fporan, agus gun mhàla, agus gun bhròga, an raibh uireafbhuidh ni fam bith oirbh? Agus a dubhairt fiad, Cha raibh.

36 Ann fin a dubhairt fè riu, Ach a nois' ge b'è aig am bheil fporan, togadh fè è, agus mar an ceudna a mhàla: agus an ti aig nach 'eil cloidheamh, reiceadh è eadach, agus ceannachadh è h aon.

37 Oir a deirim ribh, gur eigin fòs an ni fo 'ta fgriobhta a choi'lionadh annam-fa, Agus bha è air àireamh a' meafg nan ciontach: oir ata crioch aig na nithibh ud, a 'ta mu m' thimchioll-fa.

38 Agus a dubhairt iadfan, A Thighearna, fèuch, ata dà chloidheamh ann fo. Agus a dubhairt eifean riu, 'S leòr è.

39 Agus air dha dol amach, chuaidh fè, mar bu ghnà' leis, gu fliabh nan Oluidh'; agus lean a dheifciobuil fòs è.

40 Agus an uair a thainig è do 'n àite, a dubhairt fè riu, Deanaibh ùrnuigh,

ùrnuigh, chum's nach tuit fibh ann am buaireadh.

41 Agus thairngeadh eifean uatha mu thimchioll urchuir chloiche, agus leig fe è fein air a ghlùinibh agus rinn è ùrnuigh,

42 Ag radh, Athair, ma's toil leat, cuir an cupan fo tharum: gidheadh na b' i mo thoilfe, ach do thoilfe gu raibh deanta.

43 Agus dh' fhoillficheadh dha aingeal o fhlaitheanas, 'g a neartachadh.

44 Agus air bhi dha ann an cruaidh-ghleachd' anama, rinn è ùrnuigh ni bu dùrachdaich': agus bha fhallas mar bhraona mòra fola a' tuiteam fios air an talamh.

45 Agus air dha eirigh o ùrnuigh, thainig è chum a dheifciobul, agus fhuair fe 'n an codal iad tre thuirfe.

46 Agus a dubhairt fè riu, C'ar fon ata fibh 'n ar codal? eir'ibh, agus deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit fibh ann am buaireadh.

47 Agus air dha-fan bhi fòs a' labhairt, fèuch fluagh, agus dh' imich eifean d' am b' ainm Iudas, aon do 'n dà-fhear-dheug, rompa, agus dhruid è re h Iofa, chum a phògadh.

48 Ach a dubhairt Iofa ris, A Iudas, am bheil thu le pòig a' brath' Mhic an duine?

49 Agus 'n uair a chunnaic iads' a bha maille ris an ni bha teachd, a dubhairt fiad ris, A Thighearna, 'm buail finn leis a' chloidheamh?

50 Agus bhuail a h aon diubh feirbhifeach an àrd-fhagairt, agus ghearr fè dheth a' chluas dheas.

51 Agus fhreagair Iofa agus a dubhairt fè, Fulaingibh gus a fo. Agus bhean è r'a chluais, agus fhlànuich fe i.

52 Ann fin a dubhairt Iofa ris na h àrd-fhagartaibh agus caiptinibh an teampuill, agus na feanoiribh a thainig d'a ionnfuidh, 'N d' thainig fibh 'mach le cloidhibh agus le bataibh, mar gu b' ann ann aghaidh meirlich?

53 'N uair a bha mi gach là maille ribh fan teampull, cha do fhìn fibh amach *bhur* làmha a'm' aghaidh: ach 'si fo bhur n uairfe, agus cumhachd an dorchadais.

54 Ann fin rug iad air-fin, agus thug iad leo *è*, agus thug iad è do thigh an àrd-fhagairt. Agus lean Peadar am fad uaithe è.

55 Agus air dhoibh teine fhadadh ann am meadhon an talla, agus fuidhe fios am fochair a chéile, fhuidh Peadar 'n am meadhon.

56 Ach chunnaic cailin àraidh è 'n a fhuidhe aig an teine, agus air dh'i amharc gu geur air, a dubhairt fi, Bha 'm fear fo mar an ceudna maille ris.

57 Agus dh' àichfheun eifean è, ag radh, A bhean, cha 'n aithne dhamh è.

58 Agus beagan 'n a dhiaigh fin chunnaic neach eile è, agus a dubhairt fe, 'S ann diubh thufa mar an ceudna. Agus a dubhairt Peadar, A dhuine, cha 'n ann.

59 Agus mu thimchioll ùine aon uair' 'n a dhiaigh fin, chothaich neach eile air, ag radh, Gu fir-ùneach bha *'m fear* fo mar an ceudna maille ris; oir is Galileanach è.

60 Agus a dubhairt Peadar, A dhuine, ni h aithne dhamh ciod ata thu 'g radh. Agus air ball 'm feadh a bha è fòs a' labhairt, ghoir an coileach.

61 Agus air tionndadh do 'n Tighearna, dh' amhairc fe air Peadar; agus chuimhnich Peadar focal an Tighearna, mar a dubhairt fè ris, Mun goir an coileach, àichfheunaidh tu mi tri uaire.

62 Agus

62 Agus chuaidh Peadar amach, agus ghuil è gu goirt.

63 Agus rinn na daoine, a chum Iosa, fanoid air, 'g a bhualadh.

64 Agus 'n uair a dh' fholuich iad a shuile, bhuail iad è san aghaidh, agus dh' fheòraich iad deth, ag radh, Dean faidheadoireachd, co è a bhuail thu?

65 Agus labhair iad mòran do nithibh eile gu * toibheumach 'n a aghaidh.

66 Agus 'n uair a bha 'n là air teachd, chruinnich seanadh a' phobuill, agus na h àrd-shagairt agus na sgriobhuichean ann ceann a chéile, agus thug iad eisean chum an comhairle,

67 Ag radh, An tu Criosd? innis dhuinn. Agus a dubhairt sè riu, Ma dh' innseas mi dhuibh, cha chreid sibh.

68 Agus ma dh' fheòraicheas mi fòs *ni air bith*, cha toir sibh freagradh dhamh, agus cha leig sibh as *mi*.

69 'Na dhiaigh so bithidh Mac an duine 'n a shuidhe air deas làimh cumhachd Dhe.

70 Ann sin a dubhairt siad uile, An tusa ma seadh Mac Dhe? Agus a dubhairt sè riu, A deir sibhse gur mi.

71 Agus a dubhairt siad, Ciod tuilleadh am feum ata againn air fianais? oir chuala sinn sein as a bheul fein.

CAIB. XXIII.

1 *'Ta Criosd air † eileachadh ann làthair Philait:* 8 *'Ta Ioraith a' deanamh fanoid air.* 12 *Rinneadh Ioraith agus Pilat 'n an càirdibh.* 18 *'Ta Barabbas air iarraidh leis an t sluagh, agus air fhuasgladh le Pilat, agus 'ta Iosa air a thoirt thairis chum bhi air a cheusadh:* 27 *Ata sè ag roimh-innseadh do na mnaibh ata re caoidh air a shon, sgrios Ierusaleim;* 34 *a' deanamh ùrnuigh air son a naimhde.* 39 *Ata dias do dhroch dhaoinibh air an ceusadh maille ris.* 46 *A bhàs;* 50 *adhlac.*

AGUS air eirigh do 'n chuideachd ac' uile, thug iad è gu Pilat.

2 Agus thòsaich iad re cùis a chur air, ag radh, Fhuair sinn am *fear* so a' claonadh a' chinnich, agus a' bacadh cìs a thoirt do Cheasar, ag radh, Gur è fein Criosd an righ.

3 Agus dh' fheòraich Pilat deth, ag radh, An tusa righ nan Iudhach? agus fhreagair eisean agus a dubhairt sè, Deir tu *è*.

4 Ann sin a dubhairt Pilat ris na h ard-shagartaibh agus ris an t sluagh, Ni bheilimse faghail aon choire san duine so.

5 Agus bha iadsan ni bu rodhéineadh, ag radh, 'Ta è buaireadh a' phobuill, ag teagasg tre Iudea uile, a' tòiseachadh o 'n Ghalilee gus an àite so.

6 'Nuair a chuala Pilat mu 'n Ghalilee, dh' fheòraich è 'm bu Ghalileanach an duine.

7 Agus 'n uair a chual' è gur b' ann do fhlaitheachd Ioraith a bha è, chuir sè gu h Ioraith è, neach a bha è fein ann Ierusalem sna laithibh sin.

8 Agus 'n uair a chunnaic Ioraith Iosa, bha aoibhneas mòr air: oir bha déidh aige rè ùine fhada air eisean fhaicsin, do bhri' gu 'n cual' è mòran uime; agus bha dùil aige gu 'm faiceadh è miorbhuil eigin air a dheanamh leis.

9 Ann sin dh' fheòraich sè mòran do cheisdibh dheth; ach cha d' thug è freagradh sam bith air.

10 Agus sheas na h ard-shagairt agus na sgriobhuichean 'g a chasaid gu dian.

11 Agus chuir Ioraith agus a luchd-

* blaisphemeach. † agairt.

luchd-cogaidh ann neimh-prìs è, agus rinn iad fanoid air, agus taireis a sgeudachadh ann eadach ro-gheal, chuir sè air ais gu Pilat è.

12 Agus rinneadh Pilat agus Ioraith 'nan càirdibh d'a chéile san là sin; oir bha iad roimhe sin ann naimhdeas r'a chéile.

13 Agus 'nuair a ghairm Pilat 'n ceann a chéile na h àrd-shagairt, agus na h uachdarain, agus am pobull,

14 A dubhairt sè riu, Thug sibh a'm' ionnsuidhs' an duine so, mar neach ata tionndadh a' phobuill a thaoibh: agus fèuch, air dhamh *a* cheasnachadh ann bhur làthair, cha d'fhuair mi coire air bith san duine so thaobh na' nithe sin, mu 'm bheil sibh cur cùis air;

15 No fòs Ioraith: oir chuir mi d'a ionnsuidh sibh, agus fèuch, cha d' rinneadh ni air bith * leis toilltineach air bàs.

16 Uime sin, air dhamh-sa a smachdachadh, leigidh mi as *è*.

17 Oir b' fheudar dha neach eigin a leigeadh as doibh air an sféisd.

18 Agus ghlaodh iad amach dh'aon ghuth, ag radh, Beir uainn *am fear* so, agus leig air a chomas duinne Barabbas:

19 (Neach air son ceannairc' àraidh a rinneadh ann sa bhaile, agus air son mortaidh, a thilgeadh am prìosun)

20 Air an àdhbhar sin labhair Pilat riu a-rìs, air dha bhi toileach Iosa a chur fa sgaoil.

21 Ach ghlaodh iadsan, ag radh, Ceus *è*, ceus è.

22 Agus a dubhairt sè riu an treas uair, C'ar son, ciod an cron a rinn è? cha d' fhuair mise cùis bhàis air bith ann: uime sin, taireis dhamh a smachdachadh, leigidh mi as *è*.

23 Agus luidh iadsan air le guthaibh mòra, ag iarraidh eisean a cheusadh: agus bhuadhaich an guthanna-sa, agus *guthanna* nan àrd-shagart.

24 Agus thug Pilat breith gu 'n deanta na dh' iarr iad.

25 Agus leig è 'mach dhoibh eisean a thilgeadh am prìosun air son ceannairc' agus mortaidh, an neach a dh' iarr iad; ach thug sè thairis Iosa d' an toil.

26 Agus mar a thug iad leo è, rug iad air Simon, duine àraidh o Chirene, a bha teachd o'n dùthaich, agus chuir iad an crann-ceusaidh air, g'a iomchar ann dìaigh Iosa.

27 Agus lean cuideachd mhòr è do 'n t sluagh, agus do mhnaibh, a bha tòs re bròn agus 'g a chaoineadh.

28 Ach air tionndadh do Iosa riu, a dubhairt sè, Ingheana Ierusaleim, na guilibh air mo shonsa, ach guilibh air bhur son fein, agus air son bhur cloinne:

29 Oir sèuch, ata na làithean a' teachd, ann san abair iad, 'S beannuichte na *mnài* sheasgaidh, agus na bronna nach do ghiulain *clann*, agus na ciocha nach d' thug bainne.

30 Ann sin tòsaichidh iad air a radh ris na beanntaibh, Tuitibh oirnne; agus ris na cnocaibh, Folaichibh sinn.

31 Oir ma ni siad na nithe so ris a' chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìonaich?

32 Agus thugadh mar an ceudna dias eile a bha 'n an daoine drochmhuint', chum bhi air an ceusadh maille ris.

33 Agus 'nuair a thainig iad do 'n àite d' an goir'ear † àit' a' chlaiginn, ann sin cheus iad è fein, agus na droch dhaoine; fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli.

34 Ann sin a dubhairt Iosa, Athair, maith dhoibh; oir cha 'n 'eil fhios aca ciod ata siad a' deanamh.

* dha.

† Calbhari.

deanamh. Agus ag roinn eadaich dhoibh, thilg iad croinn *air*.

35 Agus fheas am pobull ag amharc: agus rinn na h uachdarain fanoid *air* maille riu-fan, ag radh, Shaor è daoin' eile; faoradh fè è fein, ma 's è fo Criofd, aon taghta Dhe.

36 Agus fòs rinn na faighdfhcara fanoid air, a' teachd d'a ionnfuidh, agus a' tairgfeadh fiongeur dha,

37 Agus ag radh, Ma 's tu righ nan Iudhach, fòir ort fein.

38 Agus bha fgriobha fòs air a fgriobhadh os a cheann, ann an litrichibh greigis, agus laidin, agus eabhrach, IS E SO RIGH NAN IUDHACH.

39 Agus thug a h aon do na droch dhaoinibh a' chrochadh, toibheum dha, ag radh, Ma 's tu Criofd, faor thu fein agus finne.

40 Ach fhreagair am fear eile, agus chronaich fè è, ag radh, Nach 'eil eagal De ort, agus gu bheil thu fuidh 'n aon dìteadh *ris?*

41 Agus finne da rìreadh ann ceartas; oir ata finn a' faghail na' nithe fin a thoill ar gniomhartha: ach cha d' rinn an duine fo cron air bith.

42 Agus a dubhairt fè re h Iofa, A Thighearna, cuimhnich ormfa 'n uair a thig thu do d' rioghachd.

43 Agus a dubhairt Iofa ris, Gu deimhin a deirim riut, gu 'm bi thu maille riumfa· 'n diu ann am phàrras.

44 Agus bha è mu thimchioll na feathadh uaire, agus bha dorchadas air an talamh uile gus an naothadh uair.

45 Agus dhorchaicheadh a' ghrian, agus reubadh brat-roinn an teampuill 'n a mheadhon.

46 Agus 'nuair a ghlaodh Iofa le guth mòr, a dubhairt fè, Athair, ata mi tiomnadh mo fpioraid a' d' làmhaibh: agus 'nuair a dubhairt è fo, thug è fuas an deo.

47 'Noise 'nuair a chunnairc an * Senturion an ni do rinneadh, thug è glòir do Dhia, ag radh, Gu fìrinneach b'ionracan an duine fo.

48 Agus am pobull uile a chruinnich dh' ionnfuidh an t feallaidh fin, 'nuair a chunnaic iad na nithe a rinneadh, phill iad air an ais, a' bualadh an uchd.

49 Agus fheas a luchd eòlais uile, agus na mnài a lean è o'n Ghalilee, 'm fad uaithe, ag amharc air na nithibh fin.

50 Agus fèuch, duine *àraidh* d'am b' ainm Iofeph, comhairleach, *neach a bha* 'n a dhuine maith, agus 'n a fhìrean:

51 (Cha d' aontaich an duine fo d' an comhairle no d' an gniomh) O Arimatea, baile leis na h Iudhachaibh, (neach fòs aig an raibh fùil re rioghachd Dhe)

52 Chuaidh eifean gu Pilat, agus dh' iarr è corp Iofa.

53 Agus air dha a thoirt anuas, phaifg fe ann an lion-eadach è, agus chuir fe ann an uaigh è a chladhaicheadh a carraig, ann s nach do chuireadh aon duine riamh roimhe.

54 Agus b'è fin là an ull'uchaidh, agus bha 'n t fàbaid am fogus.

55 Agus na mnài fòs a thainig maille ris o'n Ghalilee, lean iad, agus chunnaic iadfan an uaigh, agus cionnas a chuireadh a chorp.

56 Agus phill iad, agus dh' ull'uich iad fpìofraidh, agus ola † deadh-bholaidh; agus ghabh iad tàmh air là na fàbaid', a reir na h àithne.

CAIB. XXIV.

2' *Ta eif-eirigh Chriofd air a cur ann céill le dà aingeal do na mnaibh a thainig a dh' amharc na h uaighe;*
9 *ata iadfan 'g a innfeadh do mhuin-*

* caiptin-cheud.

† cùbhrai'.

mhuintir eile. 13 *Dh' fhoillſicheadh Crioſd fein do 'n dias dheiſciobul a chuaidh gu h Emmaus:* 36 *'na dhiaigh ſin dh' fhoillſicheadh è do na h abſtolaibh, agus ata è 'gan cronachadh air ſon am mi-chreidimh,* 47 *agus a' toirt àithne dhoibh;* 49 *ata è gealltuin an Spioraid naoimh,* 51 *agus a' dol ſuas do neamh.*

CAIB. XXIV.

NOIS' air a' cheud *là* do 'n t ſeachduin, ro-mhoch air mhaidin, thainig iad chum na h uaighe, a' toirt leo nan ſpìoſraidh a dh' ull'uich iad, agus *mnài* àraidh *eile* maille riu.

2 Agus fhuair iad a' chloch air a caruchadh o'n uaigh.

3 Agus air dhoibh dol a ſteach, cha d' fhuair iad corp an Tighearna Ioſa.

4 Agus tharladh, 'm feadh a bha iad ann iom-cheiſt fa'n ni ſo, fèuch, ſheas dias dhaoine làimh riu ann an eadaichibh dealrach.

5 Agus air bhi dhoibh fuidh eagal, agus a' cromadh *an* aghaidh chum na talmhain, a dubhairt ſiad riu, C'ar ſon ata ſibh 'g iarraidh an ti 'ta beo am meaſg nam marbh?

6 Cha 'n 'eil e 'n ſo, ach dh' eirich sè: cuimhnichibh mar a labhair è ribh air dha bhi fòs ann ſa Ghalilee,

7 Ag radh, 'S eigin do Mhac an duine bhi air a thabhairt thairis do làmhaibh dhaoine peacach, agus bhi air a cheuſadh, agus eirigh a-rìs an treas là.

8 Agus chuimhnich iad a bhriathra,

9 Agus air dhoibh pilltin o'n uaigh, dh' innis iad na nithe ſo uile do'n aon-fhear-deug, agus do chàch uile.

10 B' i Muire Magdalen, agus Ioanna, agus Muire *màthair* Sheumais, agus *mnài* eile *bha* maille riu, a dh' innis na nithe ſo do na h abſtolaibh.

11 Agus mheasfadh am briathra leo-ſan mar ſgeula faoin, agus cha do chreid ſiad iad.

12 Ann ſin air eirigh do Pheadar, ruidh è chum na h uaighe, agus air dha cromadh ſios, chunnaic è 'n lion-eadach 'n a luidhe leis fein, agus dh' fhalbh è, a' gabhail iongantais leis fein m' an ni ſo a thachair.

13 Agus fèuch, bha dias aca a' dol air an là ſin fein gu baile d' am b' ainm Emmaus, a bha tri ſichead ſtàide o Ierufalem.

14 Agus bha iad a' labhairt eatorra fein mu thimchioll nan nithe ud uile a thachair.

15 Agus tharladh, 'n uair a bha iad a' comhradh, agus a' coi'-reaſonachadh, gu'n d' thainig Ioſa è fein am fogus, agus dh' imich sè maille riu.

16 Ach bha 'n ſùilean air an cumail, ionnas nach d' aithnich ſiad è.

17 Agus a dubhairt sè riu, Creud è an comhradh ſo air am bheil ſibh teachd eadruibh fein, ag im'eachd dhuibh, agus ſibh brònach?

18 Agus fhreagair fear aca, d' am b' ainm Cleopas, agus a dubhairt sè ris, Am bheil thus' a' t aonar a' d' choigreach ann Ierufalem, agus gun fhios agad air na nithibh a rinneadh innte ann ſna laithibh ſo?

19 Agus a dubhairt sè riu, Ciod na nithe? Agus a dubhairt iadſan ris, Na nithe a thaobh Ioſa o Naſaret, neach a bha 'n a fhàidh cumhachdach ann an gniomh agus ann am focal am fia'nais De, agus a' phobuill uile:

20 Agus cionnas a thug na h àrd-ſhagairt agus ar n uachdarain thairis chum dìte' bàis è, agus a cheus iad è.

21 Ach bha dùil againne gu 'm b' eiſean

eifean an ti a bha gu Ifrael a fhaoradh: agus a thuill' air fo uile, 'sè 'n diu an treas là o rinneadh na nithe fo.

22 Agus mar an ceudna, chuir mnài àraidh dhinn fein, a chuaidh gu moch a dh' ionnfuidh na h uaighe, ua'bhas oirn':

23 Agus 'n uair nach d' fhuair iad a chorp, thainig iad, ag radh, gu 'm fac' iad fòs * taifbein do ainglibh, a dubhairt gu bheil è beo.

24 Agus chuaidh dream àraidh dhiubhfe bha maille ruinn fein, chum na h uaighe, agus fhuair iad amhuil mar a dubhairt na mnài; ach ni 'm fac' iad eifean.

25 Ann fin a dubhairt sè riu, O dhaoine amaideach, agus mall-chroidheach chum na nithe fin uile a chreidfin a labhair na fàidhean!

26 Nach b' eigin do Chriofd na nithe fo fhulang, agus dol a fteach d'a ghlòir?

27 Agus air dha tòifeach' o Mhaois, agus o na fàidhibh uile, dh' eidir-mhìnich è dhoibh ann fna fgriobtuiribh uile na nithe m'a thimchioll fein.

28 Agus dhruid iad ris a' bhaile, gus an raibh iad a' dol: agus leig eifean air gu 'n rachadh è ni b' fhaide.

29 Ach choi'-eignich iadfan è, ag radh, Fan maille ruinne, oir ata è dlù' ris an fheafcar, agus tha deireadh an là ann. Agus chuaidh è fteach a dh' fhuireach maille riu.

30 Agus tharladh, 'n uair a fhuidh è gu biadh maille riu, air dha aran a ghlacadh, gu 'n do bheannuich fè *è*, agus bhris fè *è*, agus thug fè dhoibh *è*.

31 Agus dh' fhofgladh an fùilean, agus dh' aithnich fiad è; agus chuaidh è as an fealladh uatha.

32 Agus a dubhairt iad r'a chéile, Nach raibh ar croidhe a' lafadh annainn, am feadh a bha è a' labhairt ruinn air an t flighe, agus 'n uair a dh' fhofgail è dhuinn na fgriobtuire?

33 Agus dh' eirich iad air an uair fin fein, agus phill iad gu Hierufalem, agus fhuair iad an t aon-fhear-deug cruinn ann ceann a chéile, agus an dream a bha maille riu,

34 Ag radh, Dh' eirich an Tigh-earna da rireadh, agus chunncas le Simon è.

35 Agus dh' innis iad na nithe *a rinneadh* air an t flighe, agus mar a dh' aithnicheadh leo-fan è ann am brifeadh an arain.

36 Agus ag labhairt na' nithe fo dhoibh, fheas Iofa fein 'n am meadhon, agus a deir fè riu, Sìochaint mailte ribh.

37 Ach bha iadfan fuidh gheilt-chrith agus fuidh eagal, agus fhaoil iad gur fpiorad a chunnaic iad.

38 Agus a dubhairt fè riu, C'ar fon ata fibh fuidh thriobloid, agus c'ar fon ata fmuaintidh ag eirigh fuas ann bhur croidhibh?

39 Fèuchaibh mo làmhan agus mo chofa, gur mi fein a th' ann: làmhaichibh mi, agus faicibh, oir cha 'n 'eil aig fpiorad feoil agus cnàmha, mar chi fibh agamfa.

40 Agus 'n uair a dubhairt è fo, nochd è dhoibh a làmha agus a chofa.

41 Agus air bhi dhoibh fòs mi-chreid'each tre aoibhneas, agus iad fuidh iongantas, a dubhairt fè riu, Am bheil biadh fam bith agaibh ann-fo?

42 Agus thug iad dha mìor do iafgròifte, agus do chìr-mheala.

43 Agus ghlac fè è, agus dh' ith fè 'n am fia'nais.

44 Agus a dubhairt fè riu, 'S iad fo na briathra a labhair mi ribh, 'n uair a bha mi fòs maille ribh, gur eigin do na h uile nithe 'ta fgriobh-ta ann an lagh Mhaois, agus *ann* fna

* fealladh.

fna faidhibh, agus *ann* fna ſalmaibh a m' thimchioll-ſa, bhi air an coi'-lionadh.

45 Ann ſin do fhoſgail ſè an tuigſe, chum gu 'n tuigeadh iad na ſgriobtuire,

46 Agus a dubhairt ſè riu, Mar ſo ata è ſgriobhta, agus mar ſo b' eigin do Chriosd fulang, agus eirigh o na marbhaibh an treas là:

47 Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh bhi air an ſearmonachadh 'n a ainmſe, do na h uile chinneach, a' tòiſeach' aig Ieruſalem.

48 Agus is fia'naiſean ſibhſe air na nithibh ſo.

49 Agus fèuch, cuireamſa geallàdh m' Athar o'rbh: ach fanaibhſe ann am baile Ieruſaleim, gus an ſgeu laichear le cumhachd o na h àrdaibh ſibh.

50 Agus thug è 'mach iad cofhada as Betani: agus thog è ſuas a làmhan, agus bheannuich ſè iad.

51 Agus tharladh, 'm feadh a bha è 'g am beannuchadh, gur dhealaicheadh riu è, agus gu'n do thogadh ſuas gu neamh è.

52 Agus rinn iad àdhradh dha, agus phill iad gu Hieruſalem le gàirdeachas mòr:

53 Agus bha iad a ghnà' ann ſan teampull, a' moladh agus a' beannuchadh Dhe. Amen.

An Soisgeul do reir EOIN.

CAIB. I.

1 *Dia-achd, daonnachd, agus oifig Iofa Criofd.* 15 *Fia'nais Eoin.* 39 *Gairm Aindreais, Pheadair, &c.*

ANN ſan toiſeach bha am Focal, agus bha 'm Focal maille re Dia, agus b'è 'm Focal Dia.

2 Bha è ſo air tùs maille re Dia.

3 Rinneadh gach ni leis; agus as eugmhais cha d' rinneadh aon ni a rinneadh.

4 Ann-ſan bha beatha, agus b' i a' bheatha ſolus dhaoine.

5 Agus 'ta 'n ſolus a' ſoillſeachadh ann dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas è.

6 Chuireadh duine o Dhia, d' am b' ainm Eoin.

7 Thainig eiſean mar fhia'nais, chum fia'nais a thoirt air an t ſolus, chum gu'n creideadh na h uile dhaoine tridſin.

8 Cha b' eiſean an ſolus ſin, ach *chuireadh è* chum gu d' thugadh è fia'nais air an t ſolus.

9 B'è ſo an ſolus fìrinneach, a 'ta ſoillſeachadh gach uile dhuine tha teachd chum an t ſaoghail.

10 Bha è ann ſan t ſaoghal, agus rinneadh an ſaoghal leis, agus cha d' aithnich an ſaoghal è.

11 Thainig è dh' ionnſuidh a mhùintir fein, agus cha do ghabh a dhaoine fein ris.

12 Ach a mhèud 's a ghabh ris, thug ſè dhoibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, *eadhon* dhoibhſin ata creidſin 'n a ainm:

13 A bha air an gineamhuin, cha 'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.

14 Agus rinneadh am Focal 'n a fheoil, agus ghabh ſè comhnuidh 'n ar mealg-ne, (agus chunnairc ſinn a ghlòir, mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar) làn gràis agus fìrinn.

15 Thug Eoin fia'nais uime, agus ghlaodh ſè, ag radh, 'S è ſa an ti mu 'n do labhair mi, 'N ti 'ta teachd a' m' dhiaigh, tha toiſeach aig ormſa; oir bha iè romham.

16 Agus as a làn-ſan fhuair ſinne uile, agus gràs air ſon gràis.

17 Oir thugadh an lagh le Maois, ach thainig gràs agus firinn le Ioſa Crioſd.

18 Cha 'n fhaca neach air bith Dia riamh; aon-ghin Mhic, a 'ta ann an uchd an Athar, is è a dh' fhoillſich *dhuinne è*.

19 Agus is i ſo fia'nais Eoin, 'n uair a chuir na h Iudhaich ſagairt agus Lebhitich o Hieruſalem, chum gu 'm feòraicheadh iad deth, Co thuſa?

20 Agus dh' aidmhich eiſean, agus cha d' àichſheun è; ach dh' aidmhich è, Cha mhi Crioſd.

21 Agus dh' fheòraich iad deth, Ciod ma ſeadh? An tu Elias? Agus a deir ſè, Cha mhi. An tu am fàidh? Agus fhreagair è, Cha *mhi*.

22 Ann ſin a dubhairt ſiad ris, Co thu? chum gu 'n d' thugamaid freagradh dhoibhſin a chuir *uatha* ſinn: creud a deir tu a d' thimchioll fein?

23 A dubhairt è, 'S miſe guth an ti a ghlaodhas ann ſan fhàſach, Deanaibh dìreach ſlighe an Tigh-earna, mar a dubhairt am fàidh Eſaias.

24 Agus an dream a chuireadh *leis an teachdaireachd*, b' ann do na Phairiſichibh *iad*.

25 Agus dh' fheòraich ſiad deth, agus a dubhairt ſiad ris, C'ar ſon ma ſeadh ata thu a' baiſteadh, mur tu Crioſd, no Elias, no 'm fàidh?

26 Fhreagair Eoin iad, ag radh, Ataimſe baiſteadh le h uiſge: ach ata neach 'n a ſheaſamh 'n ar meaſg, nach aithne dhuibh;

27 'S è ſo an ti, 'ta teachd a'm' dhiaigh, aig am bheil toiſeach orm, neach nach fiu miſe iall a bhròige fhuaſgladh.

28 Rinneadh na nithe ſo ann am Betabara air an taobh thall do Iordan, an t àit' ann raibh Eoin a' baiſteadh.

29 Air an là màrach chunnaic Eoin Ioſa a' teachd d a ionnſuidh, agus a deir ſè, Fèuch Uan De, a 'ta toirt air falbh peacaidh an t ſaoghail.

30 'S è ſo an ti mu 'n do labhair mi, Ata duin' a' teachd a' m' dhiaigh, aig am bheil barrachd orm: oir bha ſè romham.

31 Agus cha raibh aithne agamſa air: ach a chum gu 'm bitheadh ſè air fhoillſeachadh do Iſrael, uime ſin thainig mi a' baiſteadh le h uiſge.

32 Agus thug Eoin fia'nais, ag radh, Chunnaic mi 'n Spiorad a' teachd a nuas mar choluman o neamh, agus ghabh ſè comhnuidh air.

33 Agus cha b' aithne dhamhſa è: ach an ti a chuir mi a bhaiſteadh le h uiſge, a dubhairt eiſean rium, Ge b'è air am faic thu an Spiorad a' teachd a nuas agus a' gabhail comhnuidh air, 's è ſin an ti a bhaiſteas leis an Spiorad naomh'.

34 Agus chunnairc mi, agus rinn mi fia'nais, gur è ſo Mac Dhe.

35 Air an là màrach a rìs, ſheas Eoin, agus dias d'a dheiſciobluibh:

36 Agus air dha amharc air Ioſa agus è * a' ſpaiſdeireachd, a deir ſè, Fèuch Uan Dhe.

37 Agus chual' an dias dheiſciobul è a' labhairt, agus lean iad Ioſa.

38 Agus air tionndadh do Ioſa, chunnaic ſè iad 'g*a* leanmhuin, agus a deir ſè riu, Ciod ata ſibh ag iarraidh? Dubhairt iadſan ris, Rabbi, ('s è ſin r'a radh, air na eidir-theangachadh, A mhaighiſtir) c'àit' am bheil thu gabhail comhnuidh?

39 Deir ſè riu, Thigibh agus faicibh. Thainig iad agus chunnaic iad c'àit' an raibh ſè gabhail comhnuidh, agus dh' fhan iad maille ris an

* ag imtheachd.

an là sin: oir bha è mu thimchioll na deicheamh uaire.

40 B'è Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, aon do 'n dias a chual' Eoin *a' labhairt*, agus a lean eisean.

41 Fhuair eisean air tùs a bhràthair fein Simon, agus a dubhairt sè ris, Fhuair sinne am Messias, is è sin, air na eidir-theangachadh, * Crìosd.

42 Agus thug è chum Iosa è. Agus 'nuair a dh' amhairc Iosa air, a dubhairt sè, 'S tu Simon mac Iona: goir'ear Cephas dhiot, ni is è air na eidir-theangachadh, carraig.

43 Air an là 'na dhiaigh sin, b' àill le Iosa dol amach do 'n Ghalilee, agus fhuair sè Philip, agus deir sè ris, Lean mise.

44 'Noise bha Philip o Bhetsaida, baile Aindreais agus Pheadair.

45 Fhuair Philip Natanael, agus a deir sè ris, Fhuair sinne 'n ti m' an do sgriobh Maois ann san lagh, agus na fàidhean, Iosa o Nasaret, mac Iosèph.

46 Agus a dubhairt Natanael ris, Am feud ni maith air bith teachd a Nasaret? A dubhairt Philip ris, Thig agus faic.

47 Chunnaic Iosa Natanael a' teachd d'a ionnsuidh, agus a deir sè uime, Fèuch Israeleach do rìreadh, ann snach 'eil cealg.

48 A deir Natanael ris, Cionnas is aithne dhuitse mi? Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ris, Mun do ghoir Philip thu, 'nuair a bha thu fuidh 'n chrann-fhìge, chunnaic mise thu.

49 Fhreagair Natanael agus a dubhairt sè ris, Rabbi, 's tu Mac Dhe, 's tu Righ Israeil.

50 Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ris, Air son gu'n dubhairt mi riut, Chunnaic mi thu fuidh 'n chrann-fhìge, 'm bheil thu creidsin? chi thu nithe a's mò na iad so.

51 Agus a dubhairt sè ris, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, 'Na dhiaigh so chi sibh neamh fosgailte, agus aingeil Dhe a' dol suas agus a' teachd anuas air Mac an duine.

* an t Ungach.

CAIB. II.

1 *'Ta Crìosd a' deanamh fìon do 'n uisge,* 12 *a' dol do Chapernaum, agus do Hieruselem,* 14 *far am bheil è a' glanadh an teampuill o luchd reic' agus ceannuigheachd:* 19 *ag roimh-innseadh a bhàis agus eis-eirigh.* 23 *Ata mòran a' creidsinn ann air son a mhiorbhuile, ach cha d' earb sè è fein riu.*

AGUS air an treas là bha pòsadh ann Cana na Galilee; agus bha màthair Iosa ann sin.

2 Agus ghoireadh Iosa fòs, agus a dheiscìobuil, chum a' phòsaidh.

3 Agus air teireachdain do 'n fhìon, a dubhairt màthair Iosa ris, Cha 'n 'eil fìon aca.

4 A dubhairt Iosa ria, Creud mo ghnothuchsa riut, a bhean? cha d' thainig m' uair-se fòs.

5 A dubhairt a mhàthair ris an luchd frithealaidh, Ge b'è ni a their è ribh, deanaibh è.

6 Agus bha ann sin sea soithiche cloiche am bu ghnà' uisg' a chur, a reir gnàth' glanaidh nan Iudhach, a ghabhadh dà fheircin no tri gach aon aca.

7 A dubhairt Iosa riu, Lionaibh na soithiche le uisge. Agus lion siad iad gus am beul.

8 Agus a dubhairt sè riu, Tairngibh a nois', agus thugaibh chum uachdarain na féisde. Agus thug iad *ann è.*

9 'Nuair a bhlais uachdaran na féisd' an t uisg' a rinneadh 'na fhìon, (agus cha raibh fhios aige co as a thainig è; ach bha fhios aig an luchd frithealaidh a tharruing an t uisge) ghoir uachdaran na féisd' † am fear-nua'-pòsda,

10 Agus a deir sè ris, Cuiridh gach uile dhuine fìon maith a là-thair air tùs; agus 'nuair a dh' òlas daoine gu leòr, ann sin *am fìon* a's measa

† fear na bainnse.

meafa: *ach* ghleidh thus' am fion maith gus a noife.

11 An toifeach fo do mhiorbhuilibh rinn Iofa ann Cana na Galilee, agus dh' fhoillfich fè a ghlòir; agus chreid a dheifciobuil ann.

12 Ann diaigh fo, chuaidh è fios do Chapernaum, è fein, agus a mhàthair, agus a bhràithre, agus a dheifciobuil, agus cha d' fhan iad ann mòran do laithibh.

13 Agus bha càifg nan Iudhach am fogus, agus chuaidh Iofa fuas gu Hierufalem,

14 Agus fhuair è ann fan teampull 'n an fuidhe luchd reice dhamh, agus chaorach, agus choluman, agus luchd malairt an airgid:

15 Agus air deanamh * fgiùrfoir dha do chòrdaibh caola, dh' fhuadaich fè 'mach as an teampull iad uile, agus na caoraich agus na daimh; agus dhòirt è 'mach airgiod an luchd malairt, agus thilg fè na bùird thairis;

16 Agus a dubhairt è riu-fan a bha reice' choluman, Togaibh iad fin as fo; na deanaibh tigh m' Atharfa 'n a thigh marfandachd.

17 Agus chuimhnich a dheifciobuil gu 'n raibh è fgriobhta, Dh' ith † èud do thighe fuas mi.

18 Ann fin fhreagair na h Iudhaich, agus a dubhairt fiad ris, Ciod an comharth' a nochdas tu dhuinne, do bhri' gu bheil thu deanamh nan nithe fin?

19 Fhreagair Iofa agus a dubhairt fè riu, Leagaibh fios an teampull fo, agus togaidh mife ann tri laithibh fuas è.

20 Ann fin a dubhairt na h Iudhaich, Sea bliadhna agus dà fhichead bha 'n teampull fo 'g a thog'ail, agus an cuir thufa fuas ann tri laithibh è?

21 Ach labhair eifean mu theampull a chuirp.

22 Uime fin 'nuair bha è air eirigh o na marbhaibh, chuimhnich a dheifciobuil gu 'n dubhairt è fo riu: agus chreid iad an fgriobtuir, agus am focal a dubhairt Iofa.

23 'Noife 'nuair bha è ann Ierufalem aig a' chàifg, air *là* na feifde, chreid mòran 'n a ainm, 'nuair a chunnaic iad na miorbhuile a rinn è.

24 Ach cha d' earb Iofa e fein riu, do bhri' gu 'm b' aithne dha na h uile dhaoine,

25 Agus nach raibh feum aige neach air bith a dheanamh fia'nais air duine: oir bha fhios aige ciod a bha ann fan duine.

CAIB. III.

1 *'Ta Criofd a' teagafg do Nicodemus feum na h ath-ghineamhuin.* 14 *Mu chreidimh 'n a bhàs.* 16 *Mòr ghràdh Dhe do 'n domhan.* 18 *Damnadh a leth mi chreidimh.* 23 *Baifdeadh, fia'nais, agus teagafg Eoin mu thimchioll Chriofd.*

AGUS bha duine do na Phairifichibh, d' am b' ainm Nicodemus, *a bha* 'n a uachdaran air na h Iudhachaibh:

2 Thainig eifean chum Iofa fan cidhche, agus a dubhairt fè ris, A mhaighifdir, ata fhios againne gur fear-teagaifg thu a thainig o Dhia: oir cha 'n urradh duin' air bith na miorbhuile fo dheanamh a 'ta thus' a' deanamh, mur bi Dia maille ris.

3 Fhreagair Iofa agus a dubhairt fè ris, Gu deimhin deimhin a deirim riut, mur beirthear duine a-ris, nach fheudar leis rioghachd Dhe fhaicfin.

4 A dubhairt Nicodemus ris, Cionnas a dh' fheudas duine bhi air a bhreith 'nuair ata fè aofda? am bheil è comafach air dol a ftigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus bhi air a bhreith?

5 Fhreagair Iofa, Gu deimhin deimhin a deirim riut, mur bi duine air a bhreith o uifge, agus o'n Spiorad, cha 'n urradh è dol a ftigh do rioghachd Dhe.

6 An

* cuip'. † ro-chùram.

6 An ni sin a 'ta air a bhreith o'n fheoil, is feoil è; agus an ni sin a 'ta air a bhreith o'n Spiorad, is spiorad è.

7 Na gabh iongantas gu 'n dubhairt mi riut, Is eigin duibh bhi air bhur breith a-rìs.

8 'Ta ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus ata thus' a' cluinntin a fuaim, ach ni 'm bheil fhios agad co as ata i teachd, no c' àit' ata i dol: is ann mar sin ata gach neach a 'ta air a bhreith o'n Spiorad.

9 Fhreagair Nicodemus agus a dubhairt sè ris, Cionnas a dh' fheudas na nithe so bhi?

10 Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ris, Am bheil thus' a' d' fhear-teagaisg ann Israel, agus nach aithne dhuit na nithe so?

11 Gu deimhin deimhin a deirim riut, gu bheil sinne a' labhairt a' ni a 's fios duinn, agus a' toirt fia'nais air an ni sin a chunnaic sinn; agus cha ghabh sibh ar fia'nais-ne.

12 Ma dh' innis mi dhuibh nithe talmhaidh, agus nach creid sibh, cionnas a chreideas sibh ma dh' innseas mi dhuibh nithe neamhaidh?

13 Agus cha deachaidh aon neach suas gu neamh, ach an ti a thainig a nuas o neamh, *eadhon* Mac an duine a 'ta air neamh.

14 Agus mar a thog Maois suas an naithir san fhàsach, is ann mar sin is eigin do Mhac an duine bhi air a thog'ail suas:

15 Chum's ge b'è neach a chreideas ann, nach * rachadh a sgrios, ach gu 'm biodh a' bheatha mhaireannach aige.

16 Oir is mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug è aon-ghin Mhic fein, chum's ge b'è neach a chreideas ann, nach rachadh a sgrios, ach gu 'm biodh a' bheatha shiorruidh aige.

17 Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t saoghal, chum gu 'n diteadh è 'n saoghal; ach a chum gu 'm biodh an saoghal air a shàbhaladh tròdsan.

18 An ti a chreideas ann, cha dìtear è: ach an ti nach creid *ann*, ata sè air a dhìteadh cheana, chionn nach do chreid è ann ainm aoin-ghin Mhic Dhe.

19 Agus is è so an damnadh, gu'n d' thainig solus do'n t saoghal, agus gu 'n do ghràdhaich daoine an dorchadas ni 's mò na 'n solus, air son gu'n raibh an gniomhartha olc.

20 Oir gach uile neach a 'ta deanamh uilc, 'ta è toirt fuath do 'n t solus, agus cha 'n 'eil è teachd chum an t soluis, an t eagal gu 'm biodh oibridh air an cronachadh.

21 Ach an ti a ni 'n fhìrinn, thig è chum an t soluis, chum's gu 'm bi oibre follasach, gur ann an Dia a rinneadh iad.

22 Ann diaigh sin thainig Iosa agus a dheisciobuil do thìr Iudea, agus dh' fhan è 'n sin maille riu, agus bhaist è.

23 Agus bha Eoin mar an ceudna a' baisteadh ann Enon, làimh re Salim, do bhri' gu'n raibh mòran uisgeacha ann sin: agus thainig iad, agus bhaisteadh iad.

24 Oir cha raibh Eoin fòs air a thilgeadh am prìosun.

25 Ann sin dh' eirich ceist eidir *cuid* do dheisciobluibh Eoin agus na h Iudhaich, mu thimchioll glanaidh.

26 Agus thainig iad chum Eoin, agus a dubhairt iad ris, A mhaighisdir, an ti bha maille riut an taobh thall do Iordan, d' an d' thug thu fia'nais, fèuch, ata eisean a' baisteadh, agus ata gach uile dhaoine a' teachd d'a ionnsuidh.

27 Fhreagair Eoin agus a dubhairt sè, Cha 'n 'eil duine comasach air ni sam bith a ghabhail, mur bi è air a thoirt da o neamh.

28 'Ta sibhse fein a' toirt fia'nais damh-sa, gu'n dubhairt mi, Cha mhi

* biodh è caillte.

mhi Crioſd, ach gur chuireadh roimhe mi.

29 An ti aig am bheil a' bheannuadh-phòſda, 'sè 'm fear-nuadh-pòſda è: ach caraid an fhir-nua'-phòſda, a 'ta 'na ſheaſamh agus ag eiſteachd ris, ata ſe deanamh gàirdeachais mhòir air ſon guth an fhir-nua'-phòſda: uime ſin ata mo ghàirdeachas ſo air a choi'-lionadh.

30 Is eigin da-ſan fàs, ach dhamh-ſa bhi air mo lughdachadh.

31 An ti a thig anuas, ata è os ceann gach uile: an ti a 'ta o'n talamh, 'ta ſe talmhaidh, agus labhraidh ſe air mhodh talmhaidh: an ti a thig o neamh, ata ſe os ceann gach uile.

32 Agus an ni a chunnaic agus a chual' è, air ſin ata ſe toirt fia'nais; agus ni bheil aon duine a' gabhail r'a fhia'nais.

33 An ti a ghabh r'a fhia'nais-ſin, chuir ſe a ſheula ris, gu bheil Dia fior.

34 Oir an ti a chuir Dia uaithe, ata ſe labhairt briathra Dhe: oir cha 'n ann a reir tomhais ata Dia ag toirt an Spioraid *da*.

35 Is toigh leis an Athair am Mac, agus thug è gach uile nithe 'na làimh.

36 An ti a chreideas ann ſa Mhac, 'ta bheatha mhairtheanach aige: ach an ti nach 'eil a' creidſin ann ſa Mhac, ni 'm faic ſe beatha; ach ata fearg Dhe a' gabhail comhnuidh air.

CAIB. IV.

1 *'Ta Crioſd a' combradh ris a' Bhan-ſamaritanaich, agus g'a fhoillſeachadh ſein dì.* 27 *'Ta dheiſciobuil a' gabhail iongantais.* 31 *'Ta è cur ann céill doibh èud ſein air ſon glòir' Dhe.* 39 *'Ta mòran do na Samaritanaich a' creidſin ann.* 43 *'Ta è dol do'n Ghalilee, agus a' ſlànuchadh mic an uachdarain a bha 'n a làidhe gu tinn ann Capernaum.*

AIR an àdhbhar ſin 'n uair a thuig an Tighearna gu 'n cuala na Phairiſich gu 'n raibh Ioſa a' deanamh agus a' baiſteadh tuilleadh dheiſciobul na Eoin,

2 (Ge nach do bhaiſt Ioſa fein *iad*, ach a dheiſciobuil)

3 Dh' fhàg è *tìr* Iudea, agus chuaidh è 'rìs do'n Ghalilee.

4 Agus b' eigin da dol tre Shamaria.

5 Ann ſin thainig è gu baile *a bhuineadh* do Shamaria, d'an goir'ear Sichar, fogus do'n fhearann a thug Iacob d'a mhac Ioſeph.

6 'Noiſe bha tobar Iacob ann ſin. Uime ſin air bhi do Ioſa ſgìth leis a thurus, ſhuidh ſe mar ſin air an tobar: agus bha è mu thimchioll na ſeathadh uair'.

7 Thainig bean do *mhuintir* Shamaria a tharruing uiſge: a deir Ioſa ria, Thoir dhamh-ſa deoch.

8 Oir bha a dheiſciobuil air dol do'n bhaile a cheannach bìdh.

9 Ann ſin a dubhairt a' bhean do *mhuintir* Shamaria ris, Cionnas ata thuſa agus gur Iudhach thu, ag iarraidh deoch uam-ſa, a 'ta a'm' Bhan-ſamaritanach? oir cha 'n 'eil comunn aig na h Iudhaich ris na Samaritanaich.

10 Fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſe ria, Nam b' aithne dhuit tiodhlacadh Dhe, agus co è a'ta 'g radh riut, Thoir dhamh-ſa deoch; dh' iarradh tuſa air, agus bheireadh è uiſge beo dhuit.

11 Deir a' bhean ris, A Thighearna, cha 'n 'eil inneal-tarruing agad, agus ata 'n tobar domhain: uime ſin co as ata 'n t uiſge beo ſin agad?

12 Am mò thuſa na ar n athair Iacob, a thug dhuinne an tobar *ſo*, agus a dh' òl as è fein, agus a chlann, agus a ſpréidh?

15 Fhreagair

13 Fhreagair Iosa agus a dubhairt fè ria, Ge b'è neach a dh'òlas do'n uisge so, bithidh tart air a-rìs:
14 Ach ge b'è neach a dh'òlas do'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu bràth air: ach an t uisge bheir mise dha, bithidh fè 'na thobar uisge ann, a' sruthadh suas chum na beatha mairtheanaich.
15 Deir a' bhean ris, A Thighearna, thoir dhamh-sa an t uisge sin, chum's nach bi tart orm, agus nach d' thig mi ann so a tharruing.
16 Deir Iosa ria, Im'ich, goir t fhear-*pòsda*, agus thig ann so.
17 Fhreagair a' bhean agus a dubhairt si, Cha 'n 'eil fear agam. A dubhairt Iosa ria, 'S maith a dubhairt thu, cha 'n 'eil fear agam:
18 Oir bha cuignear fhear agad, agus eisean a 'ta agad anois', cha 'n è t fhear fein è: a dubhairt thu so gu firinneach.
19 A deir a' bhean ris, A Thighearna, 'ta mi faicsin gur faidh thu.
20 Rinn ar n aithreacha àdhradh san t sliabh so; agus a deir sibhse, gur ann an Ierusalem ata 'n t ionad ann san còir àdhradh a dheanamh.
21 A deir Iosa ria, A bhean, creid mise, gu bheil an uair a' teachd, ann snach dean sibh àdhradh do'n Athair aon chuid san t sliabh so, no ann Ierusalem.
22 'Ta sibh a' deanamh àdhraidh do'n ni nach aithne dhuibh: ata sinne a' deanamh àdhraidh do'n ni a's aithne dhuinn: oir is ann o na h Iudhachaibh ata slainte.
23 Ach ata 'n uair a' teachd, agus ata *i* 'noise ann, ann san dean am fior luchd-àdhraidh àdhradh do'n Athair ann an spiorad agus ann am firinn: oir ata an t Athair ag iarraidh an leithide so chum àdhradh a thoirt da.
24 Is Spiorad Dia, agus is eigin d'a luchd-àdhraidh, àdhradh a dheanamh *dha* ann spiorad agus am firinn.
25 A deir a' bhean ris, Ata fhios agam gu bheil am Messias a' teachd, d' an goir'ear Crioso: 'nuair a thig eisean, innsidh se na h uile nithe dhuinn.
26 A deir Iosa ria, Is mise *è*, a 'ta labhairt riut.
27 Agus air a so thainig a dheisciobuil, agus b' iongantach leo gu 'n raibh è labhairt ris a' mhnaoi: ach cha dubhairt aon neach, Ciod a 'ta thu 'g iarraidh? no, c'ar son ata thu labhairt ria?
28 Ann sin dh' fhag a bhean a soitheach uisge, agus dh' fhalbh i do 'n bhaile, agus a deir si ris na daoinibh,
29 Thigibh, faicibh duine a dh' innis dhamh-sa na h uile nithe a rinn mi riamh: nach è so Crioso?
30 Ann sin chuaidh iad amach as a' bhaile, agus thainig iad d'a ionnsuidh.
31 San àm sin fein ghuidh a dheisciobuil air, ag radh, A mhaighistir, ith.
32 Ach a dubhairt se riu, 'Ta agamsa biadh r'a itheadh air nach 'eil fhios agaibhse.
33 Uime sin a dubhairt na deisciobuil r'a chéile, An d' thug neach air bith *ni* d'a ionnsuidh r'a itheadh?
34 A dubhairt Iosa riu, Is è mo bhiadh-sa toil an ti a chuir uaithe mi a dheanamh, agus obair a chriochnachadh.
35 Nach abair sibhse, Ata *ùine* cheithir mìosa ann sos, agus *ann sin* thig am fogh'ar? feuch, a deirim ribh, Togaibh suas bhur suilean, agus seallaibh air na h achaibh; oir ata siad a cheana geal chum an fhogh'aire.
36 Agus an ti a bhuaineas 'ta se

fè faghail tuarasdail, agus a' cruinneachadh toraidh chum na beatha maireannaich: chum's gu'n dean an ti a chuireas, agus an ti a bhuaineas, gàirdeachas maraon.

37 Agus ann so 'ta * 'n ràdh ud fior, Gu bheil a h aon ag cur, agus neach eile a' buain.

38 Chuir mise sibhse a bhuain an ni sin nach do shaothraich sibh: shaothraich daoin' eile, agus chuaidh sibhse sieach 'n an saothair.

39 Agus chreid mòran do Shamaritanaich a' bhaile sin ann, air son cainnt' na mnà, a thug fia'nais, *ag radh*, Dh' innis è dhamh na h uile nithe a rinn mi riamh.

40 Uime sin 'n uair a thainig na Samaritanaich d'a ionnsuidh, ghuidh iad air fantuin maille riu: agus dh' fhuirich è 'n sin dà laeth'.

41 Agus chreid mòran tuilleadh, air son fhocail fein:

42 Agus a dubhairt iad ris a' mhnaoi, Tha sinne a' creidsin, cha 'n ann a so suas air son do chomhraidh-se: oir chuala sinn fein è, agus ata fhios againn gur è so do rìreadh Crìosd, Slànui'-fhear an t saoghail.

43 Agus ann diaigh dà laeth' dh' fhalbh è as sin, agus chuaidh è do 'n Ghalilee:

44 Oir thug Iosa fein fia'nais, nach 'eil onoir aig fàidh 'na thìr fein.

45 Uime sin 'n uair a thainig è do 'n Ghalilee, ghabh na Galileanaich ris, air dhoibh na nithe sin uile fhaicsin a rinn sè ann Ierusalem air an fhéisd: oir chuaidh iad fein chum na féisde.

46 Mar sin thainig Iosa a-rìs do Chana na Galilee, far an d' rinn sè fion do'n uisge. Agus bha duine cumhachdach àraidh, aig an raibh a mhac gu tinn ann Capernaum.

47 'Nuair a chual' eisean gu 'n raibh Iosa air teachd a Iudea do'n Ghalilee, chuaidh è d'a ionnsuidh, agus ghuidh se air gu'n rachadh è sios, agus gu 'n slànuicheadh è a mhac: oir bha è re h uchd bàis.

48 Ann sin a dubhairt Iosa ris, Mur faic sibh comharthaidh agus miorbhuile, cha chreid sibh.

49 A dubhairt an duine cumhachdach ris, A Thighearna, rach sios mum fuigh mo leanban bàs.

50 Dubhairt Iosa ris, Im'ich; ata do mhac beo. Agus chreid an duine am focal a labhair Iosa ris, agus dh' imich se.

51 Agus am feadh a bha è fòs a' dol sios, choinnich a sheirbhisich è, agus dh' innis iad *da*, ag radh, 'Ta do mhac beo.

52 Ann sin dh' fheòraich se dhiubh an uair ann deachaidh se 'm seabhas: agus a dubhairt siad ris, An dé air an t seachdmhadh uair dh' fhàg am fiabhrus è.

53 Mar sin dh' aithnich an t athair gur *b'i* an uair sin fein, ann san dubhairt Iosa ris, 'Ta do mhac beo; agus chreid è fein, agus a theaghlach uile.

54 *'S è* so a-rìs an dara miorbhuil a rinn Iosa, 'n uair a thainig sè a Iudea do 'n Ghalilee.

CAIB. V.

1 *'Ta Iosa air là na sàbaid' a' leigheas an duine a bha fuidh leòn rè ochd-bliadhna-deug 'ar fhichead:* 10 *'Ta na h Iudhaich uime sin a' connsachadh ris, agus 'g a gheur-leanmhuin air a shon:* 17 *&c. 'Ta è freagairt air a shon fein, agus 'g an cronachadh, a' dearbhadh le teisteas Athar, Eoin, oibre fein, agus as na sgriobtuiribh, co è fein.*

'NA dhiaigh so bha féisd nan Iudhach *ann*, agus chuaidh Iosa suas gu Hierusalem.

2 'Nois' ata ann Ierusalem làimh re

* 'n gnàth-fhocal,

re *marga*' nan caorach locha, d' an goir'ear fa chainnt Eabhraich, Beteſda, aig am bheil cuig tighe-fa-ſgaidh.

3 Ionnta ſin bha 'n an luidhe mòr-bhuidheann do dhaoinibh eaſlan, doill, bacaich, ſeargtaidh, a' feitheamh re caruchadh an uiſge.

4 Oir chuaidh aingeal ſios ann àm àraidh ſan loch', agus chuir è 'n t uiſge tre chéile: uime ſin an ceud neach a rachadh ſios ann taireis cur tre chéile an uiſge, rinneadh ſlàn è a dh' aon tinneas d' am biodh air.

5 Agus bha duine àraidh ann ſin, a bha ochd-bliadhna-deug 'ar fhichead ann an ea-ſlaint.

6 'Nuair a chunnaic Ioſa eiſean 'na luidhe, agus ſios aige gu'n raibh è 'noiſe ùin' fhada *mar ſin*, a deir è ris, Am miann leat bhi air do dheanamh ſlàn?

7 Fhreagair an duine ea-ſlan è, A Thighearna, cha 'n 'eil duin' agam, 'nuair a chuirear an t uiſge tre chéile, a chuireas ann ſan locha mi: ach am feadh ata miſe teachd, ata neach eile a' dol ſios romham.

8 Deir Ioſa ris, Eirich, tog do leaba, agus im'ich.

9 Agus air ball rinneadh an duine ſlàn, agus thog ſè a leaba, agus dh' imich ſè: agus bha 'n t ſabaid ann air an là ſin.

10 Uime ſin a dubhairt na h Iudhaich ris an ti a ſhlànuicheadh, Is i 'n t ſabaid ata ann; cha 'n 'eil è dligheach dhuit do leaba iomchar.

11 Fhreagair ſè iad, An ti a rinn ſlàn mi, a dubhairt eiſean rium, Tog do leaba agus im'ich.

12 Ann ſin dh'fheòraich ſiad deth, Co an duine a dubhairt riut, Tog do leaba agus im'ich.

13 Agus cha raibh fhios aig an ti a ſhlànuicheadh, co è: oir chuaidh Ioſa as a ſhealladh, air do mhòr-ſhluagh bhi ann ſan àite.

14 'Na dhiaigh ſo fhuair Ioſa è ann ſan teampull, agus a dubhairt ſè ris, Feuch, rinneadh ſlàn thu: na peacuich ni 's mò, 'n t eagal gu'n tachair ni 's meaſa dhuit.

15 Dh'imich an duine, agus dh'innis è do na h Iudhachaibh gur b'è Ioſa a rinn ſlàn è.

16 Agus air a ſhon ſo rinn na h Iudhaich geur-leanmhuin air Ioſa, agus dh'iarr iad a mharbhadh, do bhri' gu 'n d' rinn ſè na nithe ſo air an t ſabaid.

17 Ach fhreagair Ioſa iad, Ata m' Athair ag oibreachadh gus a nois', agus ata miſe ag oibreachadh.

18 Uime ſin bu mhòid a dh'iarr na h Iudhaich a mharbhadh, do bhri' nach è 'mhàin gu'n do bhris è 'n t ſabaid, ach gu'n dubhairt ſè fòs, gu'm b'è Dia Athair, 'ga dheanamh fein coi'-ionann re Dia.

19 Air an àdhbhar ſin fhreagair Ioſa, agus a dubhairt ſe riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, nach 'eil am Mac comaſach air ni ſam bith a dheanamh uaithe fein, ach an ni chi è 'n t Athair a' deanamh: oir ge b'è nithe a ni eiſean, na nithe ſin ni fòs am Mac mar an ceudna.

20 Oir is ionmhuinn leis an Athair am Mac, agus ata è a' foillſeachadh dha na h uile nithe a 'ta è fein a' deanamh: agus foillſichidh ſè dha oibridh a's mò na iad ſo, chum's gu'm bi iongantas oirbh.

21 Oir mar ata 'n t Athair a' dùſgadh, agus a' beodhachadh nam marbh: is amhuil ſin ata a' Mac a' beodhachadh an dream a's àill leis.

22 Oir cha 'n 'eil an t Athair a' toirt breith air duine ſam bith; ach thug ſè gach uile bhreitheanas do'n Mhac:

23 Chum's gu'n d' thugadh gach uile dhaoine onoir do 'n Mhac, amhuil mar ata iad a' toirt onoir do n

Athair. An ti nach 'eil a' toirt onoir do'n Mhac, cha'n 'eil fè toirt onoir do'n Athair a chuir uaithe ê.

24 Gu deimhin deimhin deirim ribh, An ti dh'eifdeas re m' fhocal-fa, agus ata creidfin ann fan ti a chuir uaithe mi, 'ta a' bheatha mhairtheanach aige, agus cha d' thig fè chum damnaidh; ach chuaidh fè thairis o bhàs gu beatha.

25 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Gu bheil an uair a' teachd, agus ata i 'nois' ann, ann s an cluinn na mairbh guth Mhic Dhe: agus an dream a chluinneas bithidh fiad beo.

26 Oir mar ata aig an Athair beatha ann fein, is amhuil fin a thug è do 'n Mhac beatha a bhi aig ann fein;

27 Agus thug fè fòs dha ùghdarras chum breitheanas a dheanamh, do bhri' gur è Mac an duine

28 Na gabhaibh iongantas deth fo: oir ata 'n uair a' teacho, ann s an cluinn iadfan uile a 'ta fna h uaighibh a ghuth-fan:

29 Agus theid fiad amach, iadfan a rinn maith, chum eis-eirigh na beatha; agus iadfan a rinn olc, gu eis-eirigh an damnaidh.

30 Cha 'n 'eil mife comafach ni air bith a dheanamh uam fein: mar a chluinneam, bheiream breith: agus ata mo bhreitheanas ceart; do bhri' nach 'eil mi 'g iarraidh mo thoile fein, ach toil an Athar a chuir uaithe mi.

31 Ma bheir mi fia'nais dhamh fein, cha 'n 'eil m' fhia'nais fior.

32 Ata neach eile a' toirt fia'nais dhamh, agus ata fhios agam gur firinneach an fhia'nais a 'ta fè deanamh mu m' thimchioll.

33 Chuir fibh chum Eoin, agus thug è fia'nais do'n fhìrinn.

34 Ach cha 'n 'eil mis' a' gabhail fia'nais o dhuine: ach a deirim na nithe fo, chum gu 'm biodh fibhfe air bhur fàbhaladh.

35 Bha eifean 'n a lòchrann lafrach agus dealrach: agus bha fibh toileach car tamuill gairdeachas a dheanamh 'n a fholus.

36 Ach ata agamfa fia'nais a's mò na *fia'nais* Eoin: oir na h oibre a thug an t Athair dhamh-fa chum gu'n criochnaichinn iad, ata na h oibre fin fein a 'ta mife a' deanamh, a' toirt fia'nais a m' thimchioll, gu 'n do chuir an t Athair uaithe mi.

37 Agus an t Athair fein a chuir uaithe mi, thug fè fia'nais leam. Cha chuala fibh riamh a ghuth, ni mò a chunnaic fibh a chos'las.

38 Agus cha 'n 'eil fhocal-fan agaibh a' gabhail comhnuidh ionnaibh: oir an ti fin a chuir eifean uaithe, cha 'n 'eil fibh 'g a chreidfin.

39 Rannfaichibh na fgriobtuire, oir ata fibh faoilfin gu bheil a' bheatha mhairtheanach agaibh ionnta-fan, agus is iad iadfan ata toirt fia'nais a m' thimchiollfa.

40 Agus cha 'n àill libh teachd a' m' ionnfuidhs', chum gu 'm fuigheadh fibh beatha.

41 Cha 'n 'eil mis' a' gabhail glòir' o dhaoinibh.

42 Ach 's aithne dhamh fibhfe, nach 'eil agaibh gràdh Dhe ionnaibh.

43 Thainig mis' ann ainm m' Athar, agus cha 'n 'eil fibh ga m' ghabhail: ma thig neach eile 'n a ainm fein, gabhaidh fibh eifean.

44 Cionnas 'a dh' fheudas fibh creidfin, a 'ta gabhail glòir' o chéile, agus nach 'eil ag iarraidh na glòire *a thig* o Dhia amhàin?

45 Na faoilibh gu'n dean mife bhur cafaid ris an Athair: ata *aon* a 'ta deanamh cafaid oirbh, *eadhon* Maois, ann sam bheil fibh cur bhur dòchais.

46 Oir

46 Oir nan creideadh fibh Maois, chreideadh fibh mife: oir fgriobh eifean am' thimchioll.

47 Ach mur creid fibh a fgriobhan, cionnas a chreideas fibh mo bhriathra-fa?

CAIB. VI.

1 *'Ta Criofd a' biadhadh cuig mile fear le cuig arain agus dà iafg:* 15 *Air an àdhbhar fin b' àill leis an t fluagh eifean a dheanamh 'n a righ:* 16 *Ach air dha-fan a fgaradh fein uatha, chuaidh è fuas gu beinn, agus dh' imich è air a' chuan dh' ionnfuidh a dheifciobul.* 26 *'Ta è cronachadh an t fluaigh, a bha ruidh 'n a dheigh, agus gach uile bha 'n an luchd-eifteachd collaidh air fhocal-fan,* 32 *ag innfeadh gur è fein aran na beatha do na creidmheachaibh.* 66 *'Ta mòran d'a dheifciobluibh 'g a thréigsin.* 68 *'Ta Peadar 'g a aid'eachadh.* 70 *Is diabhol Iudas.*

'NA dhiaigh fin chuaidh Iofa thar fairge na Galilee, *no* Thiberias.

2 Agus lean fluagh mòr è, do bhri' gu'm fac' iad a mhiorbhuile a rinn è air an dream a bha eaflan.

3 Agus chuaidh Iofa fuas air fliabh, agus fhuidh fè ann fin maille r'a dheifciobluibh.

4 Agus bha chàifg, féifd nan Iudhach, am fogus.

5 Ann fin 'n uair a thog Iofa fuas *a* fhùile, agus a chunnaic fè gu 'n d' thainig buidheann mhòr fhluaigh d'a ionnfuidh, a deir fè re Philip, Cia 'n t àit' as an ceannaich finn aran chum gu'n itheadh iadfan?

6 (Agus a dubhairt è fo 'g a dhearbhadh: oir bha fhios aige fein ciod a dheanadh è)

7 Fhreagair Philip è, Cha leòr dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh' aran, chum's gu'n gabhadh gach aon aca beagan.

8 A dubhairt a h aon d'a dheifciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, ris,

9 'Ta òganach ann fo, aig am bheil cuig arain eòrna, agus dà iafg bheaga: ach ciod iad fo a' meafg na h uiread?

10 Agus a dubhairt Iofa, Thugaibh air na daoinibh fuidhe fios. 'Noife bha mòran feoir ann fan àite. Air an àdhbhar fin fhuidh na daoine fios, ann àireamh timchioll chuig mile.

11 Agus ghlac Iofa na * h arain, agus air breith buidheachais da, roinn fè air na deifciobluibh *iad*, agus na deifciobuil orra-fan a fhuidh: agus mar an ceudna do na h iafgaibh beaga, mhèud 's a b' àill leo.

12 'Nuair a fhàfuicheadh iad, a dubhairt fè r'a dheifciobluibh, Cruinnichibh am biadh brifte 'ta thuilleadh ann, chum's nach caillthear a bheag.

13 Air an àdhbhar fin chruinnich fiad *è* r'a chéile, agus lion iad dà-chliabh-dheug do † fbruileach nan cuig aran eòrna, a bha dh' fhuigheall aig a' mhuintir a dh' ith.

14 Ann fin 'n uair a chunnaic na daoine ud am miorbhuil a rinn Iofa, a dubhairt fiad, Gu fìrinneach is è fo am fàidh ud a bha gu teachd chum an t faoghail.

15 Uime fin 'n uair a thuig Iofa gu'n raibh ‡ iad air tì teachd agus breith air le làimh-làidir, chum's gu'n deanadh iad righ dheth, dh' imich è 'rìs gu fliabh 'n a aonar.

16 Agus 'n uair a thainig am feafgar, chuaidh a dheifciobuil fios chum na fairge,

17 Agus air dol ann luing dhoibh, chuaidh iad thar an fhairge gu Capernaum: agus bha 'n dorchadas

* builionna. † phronn-bhiadh. ‡ a rùn orra.

dorchadas a nois' ann, agus cha raibh Iofa air teachd d'an ionnfuidh.

18 Agus dh' eirich an fhairge, ag féideadh do ghaoith mhòr.

19 Uime fin 'n uair a rinn iad iomramh timchioll cuig no deich 'ar fhichead do ftàidibh, chunnaic iad Iofa ag im'eachd air an fhairge, agus a' dru'eadh ris an luing: agus ghabh iad eagal.

20 Ach a dubhairt eifean riu, 'S mife *'ta ann*, na biodh eagal oirbh.

21 Uime fin ghabh iad gu toileach a fteach do'n luing è: agus air ball rainig an lòng an tìr gus an raibh iad a' dol.

22 Air an là 'n a dheigh fin, 'n uair a chunnaic am pobull a fheas air taoibh eile na fairge, nach raibh * lòng eile ann fin, ach *an lòng* fin ann san deachaidh a dheifciobuil a fteach, agus nach deach' Iofa fan luing maille r'a dheifciobhuibh, ach *gu'n* d'fhalbh a dheifciobuil 'n an aonar.

23 (Gidheadh thainig lònga beaga eile ó Thiberias, làimh ris an àit' ann d' ith iad an t aran, taireis do'n Tighearna buidheachas a thoirt)

24 Uime fin 'n uair a chunnaic an fluagh nach raibh Iofa ann fin, no a dheifciobuil, chuaidh iad fein mar an ceudna ann lòngaibh, agus thainig iad gu Capernaum, ag iarraidh Iofa.

25 Agus air dhoibh fhaghail air an taoibh thall do 'n fhairge, a dubhairt fiad ris, A mhaighiftir, c' uin a thainig thus' ann fo?

26 Fhreagair Iofa iad agus a dubhairt fè, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ata fibh ga m' iarraidh, cha 'n ann air fon gu 'm faca fibh na miorbhuile, ach air fon gu'n d' ith fibh do na h aranaibh, agus gu'n do fhàfuicheadh fibh.

27 Deanaibh faothair cha 'n ann air fon a' bhìdh a theirgeas, ach air fon a bhìdh a mhaireas chum na beatha fiorruidh, a bheir Mac an duine dhuibh: oir eifean rinn Dia an t Athair a fheulachadh.

28 Ann fin a dubhairt iad ris, Ciod a ni finn, chum as gu'n oibrich finn oibridh Dhe?

29 Fhreagair Iofa agus a dubhairt fè riu, Is i fo obair Dhe, gu'n creid fibhfe ann san ti a chuir fè uaithe.

30 Uime fin a dubhairt iad ris, Creud an comharth' a ni thufa ma feadh, chum gu'm faiceamaid, agus gu'n creideamaid thu? ciod an obair a ni thu?

31 Dh' ith ar n aithreacha manna fan fhàfach; a reir mar ata è fgriobhta, Thug fè dhoibh aran o neamh r'a itheadh.

32 Ann fin a dubhairt Iofa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, nach d' thug Maois dhuibh an t aran fin o neamh; ach ata m' Athairfe toirt dhuibh an arain fhior o neamh.

33 Oir is è aran Dhe an ti a 'ta teachd a nuas o neamh, agus a 'ta tabhairt beatha do'n domhan.

34 Ann fin a dubhairt fiad ris, A Thighearna, tabhair dhuinne an t aran fo 'n comhnuidh.

35 Agus a dubhairt Iofa riu, Is mife aran na beatha: an ti thig a'm' ionnfuidhs', cha bhi ocras gu bràth air; agus an ti chreideas ionnamfa, cha bhi tart gu bràth air.

36 Ach a dubhairt mi ribh, gu 'm faca fibh fòs mi, agus ni 'm bhuil fibh a' creidfin.

37 Na h uile a bheir an t Athair dhamh-fa, thig è do m' ionnfuidh; agus an ti thig a' m' ionnfuidh, cha tilg mi air chor fam bith amach è.

38 Oir thainig mi 'nuas o neamh, cha 'n ann chum gu'n deanainn mo thoil fein, ach toil an ti a chuir uaithe mi.

39 Agus

* bàt',

39 Agus is i ſo toil an Athar a chuir uaithe mi, nach caillinn a bheag ſam bith do'n uile a thug ſé dhamh, ach gu'n togainn ſuas é 'rìs air an là dheireannach.

40 Agus is i ſo toil an ti a chuir uaithe mi, gu'm biodh a' bheatha mhairtheanach aig na h uile neach a chi am Mac, agus a chreideas ann: agus togaidh miſe ſuas è air an là dheireannach.

41 Ann ſin rinn na h Iudhaich monmhor ris, air ſon gu 'n dubhairt è, Is miſe an t aran a thainig a nuas o neamh.

42 Agus a dubhairt ſiad, Nach è ſo Ioſa mac Ioſeph, neach is aithne dhuinn athair agus a mhàthair? cionnas ma ſeadh a deir ſè, Thainig mi 'nuas o neamh?

43 Air an àdhbhar ſin fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Na deanaibh monmhor eadruibh fein.

44 Cha 'n urradh neach air bith teachd a'm' ionnſuidhs', mur tarruing an t Athair a chuir uaithe miſe è: agus togaidh miſe ſuas è air an là dheireannach.

45 Ata è ſgriobhta ſna fàidhibh, Agus bithidh iad uile air an teagaſg o Dhia. Uime ſin gach uile neach a chuala, agus a dh' fhòghluim o'n Athair, thig ſè m' ionnſuidhſe.

46 Cha 'n è gu'm faca neach ſam bith an t Athair, ach an ti a 'ta o Dhia, chunnaic eiſean an t Athair.

47 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti 'ta creidſin ionnamſa, ata bheatha mhairtheanach aige.

48 Is miſe aran na beatha.

49 Dh' ith bhur n aithreacha manna ſan fhàſach, agus fhuair iad bàs.

50 'S è ſo an t aran a 'ta teachd a nuas o neamh, chum as gu'n ith neach dheth, agus nach fuigh ſè bàs.

51 Is miſe an taran beo a thainig a nuas o neamh: ma dh'itheas neach air bith do'n aran ſo, bithidh ſè beo gu bràth: agus an taran a bheir miſe uam, is è m' fheoil è, a bheir miſe air ſon beatha an domhain.

52 Air an àdhbhar ſin bha * connſachadh aig na h Iudhachaibh r'a chéile, ag radh, Cionnas a dh' fheudas an duine ſo fheoil a thoirt duinne r'a itheadh?

53 Ann ſin a dubhairt Ioſa riu, Gu deimhin a deirim ribh, mur ith ſibh feoil Mhic an duine, agus mur òl ſibh fhuil, cha 'n 'eil beatha agaibh ionnaibh.

54 Ge b'è dh' itheas m' fheoilſe, agus a dh' òlas m' fhuilſe, ata a' bheatha ſhiorruidh aige, agus togaidh miſe ſuas è air an là dheireannach.

55 Oir is biadh gu fìrinneach m'fheoil, agus is deoch gu fìrinneach m' fhuil.

56 Ge b'è dh' itheas m' fheoilſe, agus a dh' òlas m' fhuilſe, 'ta è gabhail comhnuidh ionnamſa, agus miſe ann-ſa.

57 Mar a chuir an t Athair beo uaithe miſe, agus ataimſe beo tre 'n Athair: is amhuil ſin ge b'è neach a dh' itheas miſe, bithidh ſè mar an ceudna beo triomſa.

58 Is è ſo an t aran ſin a thainig a nuas o neamh: ni h è mar a dh'ith bhur 'n aithreacha manna, agus fhuair iad bàs: an ti dh' itheas an t aran ſo, bithidh ſè beo àm feaſt.

59 A dubhairt ſè na nithe ſo ann ſan t ſionagog, mar a bha è a' teagaſg ann Capernaum.

60 Uime ſin air cluinntin *ſo* do mhòran d'a dheiſciobluibh, a dubhairt ſiad, 'S cruaidh a' chainnt ſo, co a dh' fheudas eiſteachd ria?

61 'N uair a thuig Ioſa ann fein, gu 'n raibh a dheiſciobuil re monmhor

* ſtri'.

mhor uime ſo, a dubhairt sè riu, Am bheil ſo a' toirt oilbheim dhuibh ?

62 Agus *ciod* ma chi ſibh Mac an duine a' dol ſuas do'n àite ann s an raibh è roimhe ?

63 'S è 'n ſpiorad a bheodhaicheas, ni bheil tairbhe air bith ſan fheoil : na briathra 'ta mis' a' labhairt ribh, is ſpiorad agus is beatha *iad*.

64 Ach ata cuid agaibhſe nach 'eil a' creidſin. Oir b' aithne do Ioſa o thùs, co iad nach raibh a' creidſin, agus co an ti a bhrathadh è.

65 Agus a dubhairt ſè, Air an àdhbhar ſin a dubhairt mi ribh, nach urradh neach air bith teachd a'm' ionnſuidh, mur bi è air a thoirt da o m' Athair-ſe.

66 O'n *àm* ſin amach chuaidh mòran d'a dheiſciobluibh air an ais, agus cha d'imich iad tuilleadh maille ris.

67 Ann ſin a dubhairt Ioſa ris an dà-fhear-dheug, Am bheil a rùn oirbhſe falbh cuideachd?

68 Ann ſin fhreagair Simon Peadar è, A Thighearna, * co a ruigeas ſinn ? agadſa 'ta briathra na beatha mairtheanaich.

69 Agus ata ſinne a' creidſin, agus ata fhios againn gur tu Crioſd, Mac an De bheo.

70 Fhreagair Ioſa iad, Nach do thagh miſe ſibh dà-fhear-dheug, agus ata fear agaibh 'na dhiabhol ?

71 Ach labhair è mu Iudas Iſcariot *mac* Shimoin : oir is è ſo an ti a bha gu eiſean a bhrath', air dha bhi 'n a aon do'n dà-fhear-dheug.

CAIB. VII.

1 *'Ta Ioſa a' cronachadh àrd-inntin agus dànadais a chàirdean,* 10 *a' dol ſuas o'n Ghalilee gu féiſd nam pàilliuna,* 14 *a' teagaſg ann ſan teampull.* 40 *Iomadh gnè bhar'aile m'a thimchioll am meaſg an t ſluaigh.* 45 *'Ta corruich aig na Phairiſich ris na maoraibh chionn nach do ghlac iad è, agus 'ta iad a' toirt ach'asain do Nicodemus air ſon a bhi air a chrann.*

AGUS ann diaigh nan nithe ſin, ghluais Ioſa ſa Ghalilee : oir cha b'àill leis † comhnuidh a ghabhail ann Iudea, do bhri' gu'n raibh na h Iudhaich ag iarraidh a mharbhadh.

2 Agus bha féiſd nan Iudhach, *eadhon* féiſd nam pàilliuna, am fogus.

3 Uime ſin a dubhairt a bhràithre ris, Im'ich as ſo, agus rach do Iudea, chum as gu faic do dheiſciobuil mar an ceudna t oibridh a'ta thu a' deanamh.

4 Oir cha dean neach air bith aon ni am folach, agus a dh' iarras è fein a bhi am follus : Ma 'ta thu a' deanamh na' nithe ſo, nochd thu fein do'n t ſaoghal.

5 Oir nior chreid a bhràithre fein ann.

6 Ann ſin a dubhairt Ioſa riu, Cha d' thainig m' àm-ſa fòs : ach ata bhur n àm-ſa ghnà' ullamh,

7 Cha 'n 'eil è 'n comas do'n t ſaoghal fuath a thoirt duibhſe ; ach is fuathach leis miſe, do bhri' gu bheil mi toirt fia'nais m'a thimchioll, gu bheil a ghniomhartha olc.

8 Rachaibhſe ſuas chum na féiſde ſo : cha d' theid miſe ſuas-fòs chum na féiſde ſo, do bhri' nach 'eil m' àm fòs air a choi'-lionadh.

9 'N uair a dubhairt ſè na nithe ſo riu, dh' fhan è *fòs* ſa Ghalilee.

10 Ach 'n uair a chuaidh a bhràithre ſuas, ann ſin chuaidh eiſean ſuas mar an ceudna chum na féiſde, cha 'n ann os àird, ach mar gu b' ann os iofal.

11 Ann ſin dh' iarr na h Iudhaich è air an fhéiſd, agus a dubhairt ſiad, C' àit' am bheil è ?

12 Agus

* cia dh'ionnſuidh theid ſinn.

† gluaſachd.

12 Agus bha monmhor mòr am measg an t sluaigh m'a thimchioll: oir a dubhairt cuid, 'S duine maith è: ach a dubhairt cuid eile, Ni h eadh; ach ata sè mealladh an t sluaigh.

13 Gidheadh cha do labhair neach sam bith gu follasach uime, air eagal nan Iudhach.

14 'Noise mu mheadhon na féisde, chuaidh Iosa suas do 'n teampull, agus theagaisg sè.

15 Agus ghabh na h Iudhaich iongantas, ag radh, Cionnas is aithne do 'n duine so litriche, agus nach d' fhòghluim sè.

16 Fhreagair Iosa iad, agus a dubhairt è, Cha leam fein mo theagasg, ach leisean a chuir uaithe mi.

17 Ma 's àill le neach sam bith a thoils' a dheanamh, bithidh fios aige m'an teagasg, an ann o Dhia ata è, no 'm bheil mise a' labhairt uam fein.

18 An ti a labhras uaithe fein, ata è 'g iarraidh a ghlòire fein: ach ge b'è dh' iarras glòir an ti a chuir uaithe è, ata eisean fìrinneach, agus cha 'n 'eil ea-coir air bith ann.

19 Nach d' thug Maois an lagh dhuibh, agus *gidheadh* cha 'n 'eil aon neach agaibh a' coi'-lionadh an lagha? C'ar son ata sibh 'g iarraidh mise a mharbhadh?

20 Fhreagair an sluagh agus a dubhairt iad, Ata deamhan agad: co ata 'g iarraidh do mharbhadh?

21 Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè riu, Rinn mi aon obair, agus ata iongantas oirbh uile.

22 Air an àdhbhar sin thug Maois dhuibh an timchioll-ghearra', (cha 'n è gur ann o Mhaois ata è, ach o na h aithreachaibh) agus ni sibhse duin' a thimchioll-ghearradh air an t sabaid.

23 Ma 'ta duine air an t sàbaid a' gabhail timchioll-ghearraidh, chum's nach biodh lagh Mhaois air a bhriseadh; am bheil fearg agaibh riumsa, air son gu'n d' rinn mi dnine gu h iomlan slàn air an t sàbaid?

24 Na tugaibh breith a reir cos'-lais, ach thugaibh breith cheart.

25 Ann sin a dubhairt cuid do mhuintir Ierusaleim, Nach è so eisean a 'ta iad ag iarraidh a mharbhadh?

26 Agus fèuch, ata è labhairt os àird, agus cha 'n 'eil iad ag radh ni sam bith ris: am bheil dearbh-fhios aig na h uachdaranaibh gur è so Criosd do rìreadh?

27 Gidheadh is aithne dhuinn an duine so cia as da: ach 'n uair a thig Criosd, cha 'n aithne do neach air bith co as da.

28 Ann sin ghlaodh Iosa san teampull, agus è a' teagasg, ag radh, Is aithne dhuibh araon mi, agus co as damh: agus cha d' thainig mi uam fein, ach ata eisean fìrinneach a chuir uaithe mi, air nach 'eil eòlas agaibhse.

29 Ach ata eòlas agams' air, oir is ann uaithe ata mi, agus chuir eisean *uaithe* mi.

30 Ann sin dh' iarr iad a ghlacadh: ach cha do chuir neach air bith làmh ann, do bhri' nach raibh uair-se fòs air teachd.

31 Agus chreid mòran do 'n t sluagh air, agus a dubhairt iad, 'N uair a thig Criosd, an dean è ni 's mò do mhiorbhuilibh na iad sin a rinn an *duine* so?

32 Chuala na Phairisich gu'n raibh am pobull a' monmhor nan nithe so m'a thimchioll: agus chuir na Phairisich agus na h àrd-shagairt maoir g'a ghlacadh.

33 Ann sin a dubhairt Iosa riu, Fòs tamuill beag ata mise maille ribh, agus *ann sin* ata mi dol chum an ti a chuir uaithe mi.

34 Iarraidh sibh mi, agus cha'n

fhuigh

fhuigh fibh *mi :* agus do 'n àit' am bheil mi, cha 'n urradh fibhfe teachd.

35 Ann fin a dubhairt na h Iudhaich eatorra fein, C' àit' an d' theid am fear fo, nach fuigh finn è? an d' theid è chum na muintir a'ta air an fgapadh am measg nan Greugach, agus an teagaifg è na Greugaich?

36 Ciod i a' chainnt fo a dubhairt sè, Iarraidh fibh mi, agus cha 'n fhuigh fibh *mi :* agus do'n àit' am bheil mife, cha 'n urradh fibhfe teachd?

37 Air an là dheireannach, *là* mòr fin na féifde, fheas Iofa agus ghlaodh è, ag radh, Ma 'ta tart air neach fam bith, thigeadh è m' ionnfuidhfe, agus òladh è.

38 An ti chreideas ionnamfa, mar a deir an fgriobtuir, fruthaidh as a bhroinn aimhnichean do uifge beo.

39 (Ach labhair è fo m' an Spiorad, a bha iadfan a chreideadh ann-fan, gu fhaghail: oir cha raibh an Spiorad naomha fòs *air a thabhairt*, do bhri' nach raibh Iofa fòs air a ghlòrachadh.)

40 Uime fin 'n uair a chuala mòran do 'n t fluagh a' chainnt fo, a dubhairt fiad, Gu fìrinneach is è fo am faidh.

41 A dubhairt cuid eile, 'S è fo Crioft. Ach a dubhairt dream eile, An ann o'n Ghalilee thig Crioft?

42 Nach dubhairt an fgriobtuir, Gu 'n d' thig Crioft do fhìol Dhaibhidh, agus a Betlehem, am baile ann raibh Daibhidh?

43 Air an àdhbhar fin dh' eirich eas-aonachd am measg an t fluaigh air a fhonfa.

44 Agus b' àill le cuid aca a ghlacadh; ach cha do chuir duin' air bith lâmh ann.

45 Ann fin thainig na maoir chum nan àrd-fhagart agus nam Phairifeach; agus a dubhairt iadfan riu, C'ar fon nach d' thug fibh libh è?

46 Fhreagair na maoir, Cha do labhair duine riamh mar an duine fo.

47 Ann fin fhreagair na Phairifich iad, Am bheil fibhfe mar an ceudna air bhur mealladh?

48 An do chreid a h aon do na h uachdaranaibh, no do na Phairifichibh ann?

49 Ach an fluagh fo aig nach 'eil eòlas an lagha 'ta fiad malluichte.

50 A deir Nicodemus riu, (eifean a thainig d'a ionnfuidh fan oidhche, air dha bhi 'n a aon dinbh)

51 Am bheil ar lagh-ne toirt breith air duine fam bith gus an cluinn è uaithe fein ann toifeach, agus *gus* am bi fhios aige ciod a 'ta sè a' deanamh?

52 Fhreagair iadfan agus a dubhairt iad ris, Am bheil thufa mar an ceudna o'n Ghalilee? Rannfaich, agus faic: oir as a' Ghalilee cha d' eirich fàidh.

53 Agus dh' imich gach aon d'a thigh fein.

CAIB. VIII.

1 *'Ta Crioft a' toirt na mnà a ghlacadh ann adhaltranas as faor:*
12 *a' fearmonachadh gur è fein folus an t faoghail, agus a' dearbhadh gu bheil a theagafg ceart;*
33 *'ta è freagairt nan Iudhach a bha deanamh bòft a h Abraham,*
59 *agus g'a thoirt fein as o'n ain-iochd.*

CHUAIDH Iofa chum fléibh nan Oluidh':

2 Agus gu moch air mhaidin thainig è 'rìs do'n teampull, agus thainig an fluagh uile d'a ionnfuidh; agus air fuidhe dha, theagaifg sè iad.

3 Agus thug na Sgriobhuichean agus na Phairifich bean d'a ionnfuidh

ionnſuidh a ghlacadh ann adhaltranas; agus air dhoibh a cur ann ſa mheadhon,

4 Deir ſiad ris, A mhaighiſdir, ghlacadh a' bhean ſo ann ſa ghnìomh fein, a' deanamh adhaltranais.

5 'Noiſe dh' àithn Maois ſan lagh dhuinne, an leithide ſo a chlochadh *gu bàs:* creud ma ſeadh a deir thuſa?

6 A dubhairt iad ſo 'ga bhuaireadh, chum gu 'm biodh aca cùis re chur air Ach chrom Ioſa ſios, agus ſgriobh è le mhèur air an talamh, mar nach biodh è 'gan cluinntin.

7 Mar ſin air dhoibh buanachadh a' feòraich dheth, thog sè è fein ſuas agus a dubhairt sè riu, An neach a 'ta gun pheacadh agaibhſe, tilgeadh e cheud chloch uirre.

8 Agus chrom è ſios a-rìs, agus ſgriobh sè air an talamh.

9 Agus 'nuair a chual' iadſan *ſo*, air dhoibh bhi air an agairt le 'n coguis fein, chuaidh iad amach ann deigh a chéile, a' tòiſeach' aig an dream bu ſhine, gus a' mhuintir mu dheireadh: agus dh' fhàgadh 'na aonar Ioſa, agus a' bhean 'na ſeaſamh ſa mheadhon.

10 Agus air eirigh ſuas do Ioſa, 'nuair nach fac' è a h aon ach a' bhean, a dubhairt sè ria, A bhean c'àit' am bheil iad ſùd do luchd-caſaid? an do dhìt duin' air bith thu?

11 Dubhairt iſe, Cha do dhìt aon duine, a Thighearna. Agus a dubhairt Ioſa ria, Ni mò ataimſe ga d' dhìteadh: im'ich romhad, agus na peacuich ni 's mò.

12 Ann ſin labhair Ioſa riu a-rìs, ag radh, Is miſe ſolus an t ſaoghail: an ti a leanas miſe, cha ſiubhail è ann dorchadas, ach bithidh ſolus na beatha aige.

13 Uime ſin a dubhairt na Phairiſich ris, Ata thu toirt ſia'nais dhuit fein; cha 'n 'eil t fhia'nais fior.

14 Fhreagair Ioſa, agus a dubhairt sè riu, Ge do tha mi toirt fia'nais damh fein, *gidheadh* ata m' fhia'nais fior: oir ata fhios agam co as a thainig mi, agus c'ait' ata mi dol; ach cha 'n 'eil fhios agaibhſe co as a thainig mi, no c'ait' am bheil mi dol.

15 Ata ſibhs' a' toirt breith a reir na feòla, cha 'n 'eil mis' a' toirt breith air aon duine.

16 Agus ſòs ma bheiream breith, 'ta mo bhreith fìrinneach: oir cha 'n 'eil mi m' aonar, ach miſe agus an t Athair a chuir uaithe mi.

17 Agus ata è ſgriobhta ann bhur lagh fein, gu bheil fia'nais dias dhaoine fìrinneach.

18 Is aon miſe 'ta deanamh fia'nais orm fein, agus ata 'n t Athair a chuir uaithe mi, a' deanamh fia'nais orm.

19 Ann ſin a dubhairt ſiad ris, C'ait' am bheil t Athair? Fhreagair Ioſa, Cha 'n aithne dhuibhs' aon chuid miſe no m' Athair: nam biodh eòlas agaibh ormſa, bhiodh eòlas agaibh air m' Athair mar an ceudna.

20 Labhair Ioſa na briathra ſo ann tigh-coimhead an ionmhais, ag teagaſg dha ſan teampull: agus cha do chuir duin' air bith làmh ann, oir cha raibh uair fòs air teachd.

21 Ann ſin a dubhairt Ioſa riu a-rìs, Ata mis' a' falbh, agus iarraidh ſibh mi, agus bàſaichidh ſibh ann bhur peacadh: cha 'n urradh ſibhſe teachd do'n àit' am bheilimſe dol.

22 Ann ſin a dubhairt na h Iudhaich, Am marbh sè è fein? do bhrì' gu bheil è 'g radh, Far am bheil mis' a' dol, cha 'n urradh ſibhſe teachd.

23 Agus a dubhairt sè riu, Ata fibhse o fhios, ata mise o fhuas: ata fibhse do'n t saoghal so, cha 'n 'eil mise do'n t saoghal so.

24 Uime sin a dubhairt mi ribh, Gu 'm bàsaich sibh ann bhur peacaibh: oir mur creid sibh gur mise è, gheibh sibh bàs ann bhur peacaibh.

25 Ann sin a dubhairt iad ris, Co thusa? Agus a dubhairt Iosa riu, *An neach sin* fein a dubhairt mi ribh o thùs.

26 Ata mòran agam re radh, agus r'a bhreithneachadh m' ar timchioll-sa: ach ata 'n ti a chuir uaithe mi firinneach; agus ata mise a' labhairt ris an t saoghal nan nithe a chuala mi uaithe-sin.

27 Cha do thuig iad gur b' ann mu thimchioll an Athar a labhair è riu.

28 Ann sin a dubhairt Iosa riu, 'Nuair a thogas sibh suas Mac an duine, ann sin bithidh fios agaibh gur mise è, agus nach 'eil mi deanamh ni sam bith uam fein; ach mar a theagaisg m' Athair mi, ata mi labhairt nan nithe so.

29 Agus ata 'n ti a chuir uaithe mi maille rium: cha d' fhàg an t Athair a'm' aonar mi: do bhri' gu bheil mi deanamh a ghnà' nan nithe sin a's taitneach leis.

30 Air dha-san bhi labhairt nan nithe so, chreid mòran ann.

31 Ann sin a dubhairt Iosa ris na h Iudhachaibh a chreid ann, Ma bhuanaicheas sibh ann am fhocal-sa, bithidh sibh do rireadh 'n ar deisciobuil dhamh-sa;

32 Agus bithidh eòlas agaibh air an fhirinn, agus ni 'n firinn saor sibh.

33 Fhreagair iad è, Is sinne sliochd Abraham, agus cha rajbh sinn riamh fuidh dhaorsa aig duin' air bith: cionnas a deir tu, Bithidh sibh saor?

34 Fhreagair Iosa iad, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, ge b'è ni peacadh, is seirbhiseach do'n pheacadh è.

35 Agus cha 'n fhan an seirbhiseach san tigh gu bràth: *ach* fanaidh am mac gu bràth.

36 Uime sin ma ni am Mac saor sibh, bithidh sibh saor do rireadh.

37 Ata fhios agam gur sibh sliochd Abraham; ach ata sibh 'g iarraidh mis' a mharbhadh, do bhri' nach 'eil àite aig m' fhocal ionnaibh.

38 Ata mis' a' labhairt an ni sin a chunnaic mi aig m' Athair: agus 'ta sibhs' a' deanamh an ni a chunnaic sibh aig bhur 'n athair fein.

39 Fhreagair iadsan agus a dubhairt iad ris, 'Sè Abraham ar n athair-ne. Deir Iosa riu, Nam bu chlann do Abraham sibh, dheanadh sibh oibridh Abraham.

40 Ach a nois 'ta sibh 'g iarraidh mis' a mharbhadh, duine a dh' innis duibh an fhirinn, a chuala mi o Dhia: cha d' rinn Abraham so.

41 'Ta sibhse deanamh oibridh bhur n athar fein. Ann sin a dubhairt siad ris, Cha d' rugadh ann striopachas sinne; 'ta aon Athair againn, *cadhon* Dia.

42 Ann sin a dubhairt Iosa riu, Nam b'è Dia bhur n Athair, ghràdhaicheadh sibh mise: oir chuaidh mis' amach, agus thainig mi o Dhia; ni mò a thainig mi uam fein, ach chuir eisean uaithe mi.

43 C'ar son nach 'eil sibh a' tuigsin mo chomhraidh? do bhri' nach urradh sibh m' fhocal eisteachd.

44 Ata sibhse o *bhur* n athair an diabhol, agus is iad an-mhianna bhur n athar is toil libh a dheanamh: bha eisean 'n a mhort-fhear

o thùs, agus cha d' fhan è san fhìrinn, do bhrì' nach 'eil fìrinn ann. 'Nuair a labhras è breug, is ann uaithe fein ata è labhairt: oir is breugoire è, agus *is è* athair nà bréige.

45 Agus do bhrì' gu bheil mise 'g innseadh na fìrinn, cha 'n 'eil sibh ga m' chreidsin.

46 Co agaibhse chuireas peacadh a m' leithìe? agus ma 'ta mi 'g innseadh na fìrinn, c'ar son nach 'eil sibh ga m' chreidsin?

47 An ti a 'ta o Dhia, eisdidh sè re briathraibh Dhe: is uime sin cha 'n 'eil sibhse 'g eisteachd, air son nach ann o Dhia ata sibh.

48 Ann sin fhreagair na h Iudhaich, agus a dubhairt siad ris, Nach maith a deir sinn gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad?

49 Fhreagair Iosa, Cha 'n 'eil deamhan agam; ach ata mi toirt onoir do m' Athair, agus ata sibhse toirt eas-onoir dhamh-sa.

50 Agus cha 'n 'eil mi 'g iarraidh mo ghlòire fein: 'ta neach ata 'g iarraidh agus a' toirt breith.

51 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ma choimheadas neach m' fhocal-sa, cha 'n fhaic sè bàs a choidh'.

52 Ann sin a dubhairt na h Iudhaich ris, 'Nois' ata fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; agus a deir thusa, Ma choimheadas duine m' fhocal-sa, cha bhlais è bàs a choidhch'.

53 Am mò thusa na arn athair Abraham, a fhuair bàs? agus fhuair na fàidhean bàs: co ata thu deanamh dhiot fein?

54 Fhreagair Iosa, Ma 'ta mi toirt glòir' dhamh fein, cha 'n 'eil ach neimh-ni a'm' ghlòir: 's è m' Athair a 'ta toirt glòire dhamh, neach a deir sibhse, gur è bhur Dia è:

55 Gidheadh cha do ghabh sibh eòlas air; ach ata eòlas agams' air: agus nan abrainn, Nach aithne dhamh è, bhithinn coslnhuil ribhse a'm' bhreugoire: ach is aithne dhamh è, agus ata mi coimhead fhocail.

56 Bha sùbhachas mòr air Abraham bhur n athair re m' la-sa fhaicsin: agus chunnairc fè è, agus rinn è gàirdeachas.

57 Ann sin a dubhairt na h Iudhaich ris, Cha 'n 'eil thu fòs leth-cheud bliadhna dh' aois, agus am faca tu Abraham?

58 Dubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Mun raibh Abraham ann, ATAIMSE.

59 Ann sin thog iadsan clocha chum an tilgeadh air: ach dh' fholaich Iosa è fein, agus chuaidh è 'mach as an teampull, a' dol tre a' meadhon, agus mar sin dh' fhalbh è seachad.

CAIB IX.

1 *'Ta a radharc air aiseag do 'n duine a rugadh dall;* 13 *'Ta è air a thoirt chum nam Phairiseach:* 15 *'Ta iad a' gabhail corruich ris, agus 'g a thilgeadh 'mach as an t Sionagog;* 35 *ach ata Crioso a' gabhail ris, agus 'ta eisean 'g a aidmheachadh.* 39 *Co iadsan ata Crioso a' soillseachadh.*

AGUS air gabhail seachad do *Iosa*, chunnaic è duine a, bha dall o rugadh è.

2 Agus dh' fheòraich a dheiscìobuil deth, ag radh, A mhaighistir, co a pheacaich, an duine so, no a phàranta, gu 'n d' rugadh dall è.

3 Fhreagair Iosa, Cha do pheacaich aon chuid an duine so, no a phàranta: ach chum gu 'm foillsichte oibridh Dhe ann.

4 Is eigin damh-sa oibridh an ti chuir uaithe mi a dheanamh, am feadh is là è: ata 'n oidhche a' teachd, 'nuair nach urradh aon duin' obair a dheanamh.

5 Am

5 Am feadh ata mi fan t faoghal, is mi folus an t faoghail.

6 'Nuair a dubhairt è na nithe fo, chuir è file air an talamh, agus rinn è * criadh do 'n t file, agus fgaoil è chriadh air fuilibh an doill,

7 Agus a dubhairt sè ris, Im'ich ionnlaid ann an lochan Shiloam ('s è fin air eidir-theangachadh, Air na chur.) Uime fin dh' imich è, agus dh' ionnlaid è, agus thainig sè a' faicfin.

8 Uime fin a dubhairt na coimhearfnaich, agus iadfan a chunnaic roimhe fin è, gu 'n raibh è dall, Nach è fo eifean a bha 'na fhuidhe 'g iarraidh déirce?

9 Dubhairt cuid, Is è fo è: *a dubhairt* cuid eile, Ata sè cosmhuil ris: *ach* a dubhairt è fein, 'S mife è.

10 Air an àdhbhar fin a dubhairt fiad ris, Cionnas a dh' fhofgladh do fhùilean?

11 Fhreagair eifean agus a dubhairt è, Rinn duine d'an ainm Iofa criadh, agus fgaoil sè air mo fhuilibh i, agus a dubhairt sè rium, Im'ich gu lochan Shiloam, agus ionnlaid; agus dh' imich mi agus dh' ionnlaid mi, agus fhuair mi mo radharc.

12 Ann fin a dubhairt iad ris, C'àit' am bheil è? Dubhairt eifean, Cha 'n aithne dhamh.

13 Thug iad chum nam Phairifeach eifean a bha roimhe dall.

14 Agus b'è là na fàbaid' a bha ann 'nuair a rinn Iofa an làthach, agus a dh' fhofgail è fhùilean

15 Ann fin a rìs dh' fheòraich na Phairifich dheth mar an ceudna cionnas a fhuair è radharc. Agus a dubhairt eifean riu, Chuir è làthach air mo fhuilibh, agus dh' ionnlaid mi, agus ata mi a' faicfin.

16 Uime fin a dubhairt cuid do na Phairifichibh, Cha 'n 'eil an duine fo o Dhia, do bhri' nach 'eil è gleidheadh na fàbaid'. Dubhairt cuid eile, Cionnas a dh' fheudas duine a 'ta 'na pheacach, an leithide fo do mhiorbhuilibh a dheanamh? Agus bha eas-aonachd eatorra.

17 A deir fiad a-rìs ris an duine dhall, Creud a deir tu uime, mhèud gu'n dh' fhofgail sè do fhùilean? Agus a dubhairt eifean, Is fàidh è.

18 Ach cha do chreid na h Iudhaich m'a thimchioll, gu'n raibh sè dall, agus gu'n d' fhuair sè a radharc, gus an do ghairm fiad pàrantaidh an ti ud a fhuair a radharc.

19 Agus dh' fheòraich iad diubh, ag radh, An è fo bhur mac fa, a deir fibh a rugadh dall? cionnas ma feadh ata è 'nois' a' faicfin?

20 Fhreagair a phârantaidh iad agus a dubhairt fiad, Ata fhios againn gur è fo ar mac, agus gu 'n do rugadh dall è:

21 Ach cionnas ata è 'nois' a' faicfin, cha 'n 'eil fhios againn; no co a dh' fhofgail a fhùilean, cha 'n aithne dhuinn: tha è fein air teachd gu aois, feòraichibh dheth, labhraidh sè air a fhon fein.

22 Dubhairt a phàranta na briathra fo, do bhri' gu raibh eagal nan Iudhach orra: oir bha na h Iudhaich cheana air deanamh còrdaidh eatorra fein, Nan aidmhicheadh duin' air bith gur b' eifean Criofd, gu 'n rachadh a chur as an t fionagog.

23 Air an adhbhar fin a dubhairt a phàranta, Tha è air teachd gu aois, feòraichibh dheth fein.

24 Air an àdhbhar fin ghairm iad an dara uair an duin' a bha dall, agus a dubhairt iad ris, Thoir a' ghlòir do Dhia: oir ata fhios againne gur peacach an duine fo.

25 Ann

* làib.

25 Ann sin fhreagair eisean agus a dubhairt sè, Am peacach è ni h aithne dhamh : aon ni 'ta fhios agam, air dhamh bhi dall, gu bheil mi 'nois' a' faicsin.

26 Ach a' dubhairt siad ris a-rìs, Ciod a rinn è riut? cionnas a dh' fhosgail è do shùile ?

27 Fhreagair sè iad, Dh' innis mi dhuibh cheana, agus cha d' eisd sibh : c'ar son a b'àill libh a chluinntin a-rìs ? a' bheil a mhiann oirbhse bhi 'n ar deisciobuil aige mar an ceudna ?

28 Ann sin chàin iad è, agus a dubhairt siad, Is tus' a dheisciobul ; ach is sinne deisciobuil Mhaois.

29 Ata fhios againn gu'n do labhair Dia re Maois : ach mu thimchioll an fhir so, cha 'n 'eil fhios againn co as da.

30 Fhreagair an duine agus a dubhairt sè riu, Ann so 'ta ni iongantach, nach 'eil fhios agaibh cia as da, agus gu'n d' fhosgail è mo shùilean;

31 Ach ata fhios againn nach eisd Dia re peacachaibh : ach ma 'ta neach air bith a' toirt àdhraidh do Dhia, agus a' deanamh a thoile, risean eisdidh è.

32 O thoiseach an t saoghail cha chualas gu 'n d' fhosgail aon neach sùilean duine a rugadh dall.

33 Mur biodh an duine so o Dhia, cha b' urradh è ni sam bith a dheanamh.

34 Fhreagair iadsan agus a dubhairt iad ris, Rugadh thusa gu h iomlan ann am peacaibh, agus am bheil thu 'g ar teagasg-ne ? agus thilg iad amach è.

35 Chual' Iosa gu'n do thilg iad amach è ; agus air dha fhaghail, a dubhairt sè ris, Am bheil thu creidsin ann am Mac Dhe ?

36 Fhreagair eisean agus a dubhairt sè, Co è, a Thighearna, chum gu'n creidinn ann ?

37 Agus a dubhairt Iosa ris, Chunnaic thu araon è, agus an ti a 'ta labhairt riut, 's eisean è.

38 Agus a dubhairt eisean, Ata mi creidsin, a Thighearna. Agus rinn è adhra' dha.

39 Agus a dubhairt Iosa, Is ann chum breitheanais a thainig mise chum an t saoghail so : chum iadsan nach 'eil a' faicsin, gu 'm faiceadh iad ; agus gu 'm biodh iadsan a 'ta faicsin, air an deanamh dall.

40 Agus chuala *cuid* do na Phairisichibh, a bha maille ris na nithe so, agus a dubhairt siad ris, Am bheil sinne dall mar an ceudna ?

41 Dubhairt Iosa riu, Nam bitheadh sibh dall, cha bhiodh peacadh agaibh : ach a nois' a deir sibh, Is léir dhuinn ; uime sin ata bhur peacadh a' fantuin.

CAIB. X.

1 *'Sè Criosd an dorus, agus an deadh bhuachaille.* 19 *Iomadh gnè bhar'aile m'a thimchioll.* 24 *'Ta è dearbhadh le cibribh gur è fein Criosd Mac Dhe,* 39 *a' dol as o na h Iudhachaibh,* 40 *agus a' dol do'n taobh thall do Iordan, far an do chreid moran ann.*

CU deimhin deimhin a deirim ribh, An ti nach d' theid a stigh tre 'n dorus do chrò nan caorach, ach a theid suas air sheòl eile, is gàduiche agus fear-reubainn eisean.

2 Ach an ti a theid a steach air an dorus, is eisean buachaille nan caorach.

3 Dha-san fosglaidh an dorsfhear ; agus eisdidh na caoraich r'a ghuth : agus goiridh sè chaoraich fein air an ainm, agus treòraichidh sè 'mach iad.

4 Agus 'n uair a chuireas è 'mach a chaoraich fein, im'ichidh sè rompa, agus leanaidh na caoraich è : oir is aithne dhoibh a ghuth.

5 Agus

5 Agus cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaithe: do bhri' nach aithne dhoibh guth choigreach.

6 An cosamhlachd so labhair Iosa riu: ach cha do thuig iadsan creud iad na nithe labhair è riu.

7 Ann sin a dubhairt Iosa riu a-rìs, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gur mise dorus nan caorach.

8 Iadsan uile a thainig romhamsa, is gaduichean agus luchd-reubainn iad: ach cha d' eisd na caoraich riu.

9 Is mise an dorus: ma theid neach air bith steach triomsa, sàbhalar è, agus theid è steach agus amach, agus gheibh sè ionaltradh.

10 Cha d' thig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhilleadh: thainig mise chum's gu 'm biodh beatha aca, agus gu 'm biodh *i* aca ni 's pailte.

11 Is mis' am buachaille maith: leagaidh 'm buachaille maith anam sios air son nan caorach.

12 Ach am fear-tuarasdail, agus an ti nach è am buachaille, agus nach leis fein na caoraich, chi sè am madadh-alluidh a' teachd, agus fagaidh sè na caoraich, agus teichidh sè: agus glacaidh am madadh-alluidh iad, agus sgapaidh sè na caoraich.

13 Ach teichidh am fear-tuarasdail, chionn gur fear-tuarasdail è, agus nach 'eil suim aige do na caoraibh.

14 Is mise am buachaille maith, agus is aithne dhamh mo *chaoraich* fein, agus aithnichear le *m' chaoraibh* fein mi.

15 Mar is aithne do 'n Athair mise, is mar sin is aithne dhamh-sa an t Athair: agus ata mi leagadh m' anama sios air son nan caorach.

16 Agus ata caoraich eil' agam, nach 'eil do 'n chrò so: is eigin dainh iad sin mar an ceudna thoirt *a stigh*, agus eisdidh iad re m' ghuth; agus bithidh aon treud ann, *agus* aon bhuachaille.

17 Air an àdhbhar so is * ionmhuinn leis an Athair mise, air son gu 'n leagam sios m' anam, chum's gu 'n glacam è 'ris.

18 Cha 'n 'eil neach air bith 'g a thoirt uam, ach ata mi 'g a leagadh sios uam fein: ata agam cumhachd a leagadh sios, agus ata agam cumhachd a ghlacadh a ris. An àithne so fhuair mi o m' Athair.

19 Air an àdhbhar sin dh' eirich † eas-aonachd a-rìs am measg nan Iudhach air son nam briathra so.

20 Agus a dubhairt mòran aca, 'Ta deamhan aige, agus ata sè air ‡ boile; c'ar son ata sibh 'g eisteachd ris?

21 A dubhairt cuid eile, Cha 'n iad so briathra duine am bheil diabhol: am bheil diabhol comasach air sùile nan dall fhosgladh?

22 Agus bha fèisd-chuimhne athchoisrig' an teampuill ann Ierusalem, agus b'è 'n geamhra' bha ann.

23 Agus bha Iosa a' sràideis san teampull am || pòrsa Sholaimh.

24 Ann sin chruinnich na h Iudhaich mu thimchioll, agus a dubhairt siad ris, Cia fhad' a chumas tu ar n anama ann amharus? ma 's tu Criosd, innis dhuinn gu follasach.

25 Fhreagair Iosa iad, Dh' innis mi dhuibh, agus cha do chreid sibh: na h oibridh a 'ta mi deanamh ann ainm m' Athar, ata iad sin a' toirt fia'nais mu m' thimchioll.

26 Ach cha 'n 'eil sibhse a' creidsin; oir cha 'n ann do m' chaoraibh sibh, mar a dubhairt mi ribh.

27 Ata mo chaoraich a' toirt eisdeachd do m' ghuth, agus is aithne dhamh iad, agus leunaidh iad mi:

28 Agus

* tpigh. † aimh-réite. ‡ mhi-chéill. || àileir.

28 Agus bheiream a' bheatha mhairtheanach dhoibh, agus cha * d' theid iad am mugha a choidhch', ni. mò a fpìonas neach air bith a m' làimh iad.

29 M' Athair a thug dhamh-fa *iad*, is mò è na gach uile: agus cha 'n urradh neach air bith *an* fpìonadh a làimh m' Athar.

30 Mife agus *m'* Athair is aon finn.

31 Uime fin thog na h Iudhaich clocha a-rìs chum an tilgeadh air.

32 Fhreagair Iofa iad, Nochd mi dhuibh mòran a dh' oibribh maithe o m' Athair; cia air fon do na h oibribh fin ata fibh gabhail do chlochaibh orm?

33 Fhreagair na h Iudhaich è, ag radh, Ni bheil finn air fon oibre maith a' gabhail do chlochaibh ort; ach air fon blaifpheime, agus air fon, air bhi dhuitfe a' d' dhuine, gu bheil thu deanamh Dia dhiot fein.

34 Fhreagair Iofa iad, Nach 'eil e fgriobhta ann bhur laghfa, Dubhairt mi, Gur dée fibh?

35 Ma dubhairt è dée riu-fan, chum an d' thainig focal De, agus nach feudar an fgriobtuir a bhrifeadh:

36 An abair fibh rifean, a naomhaich an t Athair, agus a chuir è chum an t faoghail, Ata thu re blaifphemeadh; air fon gu 'n dubhairt mi, 'S mi Mac Dhe?

37 Mur deanam oibridh m' Athar, na creidibh mi.

38 Ach ma dheanam, ge nach creid fibh mife, creidibh na h oibridh: chum gu 'm bi fios agaibh agus gu 'n creid fibh gu bheil an t Athair ionnamfa, agus mife annfa.

39 Uime fin dh' iarr iad a-rìs a ghlacadh: ach chuaidh è as an làimh,

40 Agus chuaidh è 'rìs do 'n taobh thall do Iordan, do 'n ionad ann s an raibh Eoin air tùs re baifteadh; agus rinn è comhnuidh ann fin.

41 Agus thainig mòran d'a ionnfuidh, agus a dubhairt iad, Cha do rinn Eoin aon mhiorbhuil: ach bha na h uile nithe a dubhairt Eoin mu 'n duine fo fior.

42 Agus chreid mòran fan àite fin air.

* chaill..ar iad.

CAIB. XI.

1 *'Ta Crioft a' tog'ail fuas Lafaruis taireis da bhi ceithir làith' fan uaigh.* 45 *Ata mòran do na h Iudhachaibh a' creidfin.* 47 *Ata na h àrd-fhagairt agus na Phairifich a' cumail comhairle'n aghaidh Chriofd.* 49 *'Ta Caiaphas a' deanamh fàidheadoireachd.* 54 *'Ta Iofa 'g a fholach fein.* 55 *Aig a' chàifg 'ta 'n fluagh ag iarraidh Chriofd, agus na h àrd-fhagairt agus na Phairifich a' dealbh' innleachda chum eifean a ghlacadh.*

'NOISE bha duine àraidh gu tinn, d'am *b'ainm* Lafarus o Bhetani, baile Mhuire agus Mharta a peathar.

2 (Bi Mhuire *fin* a dh' ung an Tighearna le ola prifeil, agus a thiormuich a chofa leis a folt, aig an raibh a brathair Lafarus gu tinn)

3 Uime fin chuir a pheathraiche fios d'a ionnfuidh, ag radh, A Thighearna, fèuch, ata 'n ti a's ionmhuinn leatfa tinn.

4 'N uair a chual' Iofa *fo*, a dubhairt fe, Cha 'n 'eil an tinneas fo chum bàis, ach a chum glòir' Dhe, ionnas gu 'm biodh Mac Dhe air a ghlòrachadh d'a thaobh.

5 'Noife b' ionmhuinn le Iofa Marta, agus a piuthar, agus Lafarus.

6 Uime fin 'n uair a chual' è gu 'n raibh eifean tinn, dh' fhan è fos dà làeth' ann fan ionad an raibh è.

5 Ann

7 Ann ſin ann diaigh ſo a dubhairt ſè r'a dheiſciobluibh, Rachamaid a-rìs do Iudea.

8 Dubhairt a dheiſciobuil ris, A Mhaighiſdir, a noiſe dh' iarr na h Iudhaich do chlochadh; agus am bheil thu dol a-rìs ann ſin?

9 Fhreagair Iosa, Nach 'eil dauair-dheug ſan là? Ma dh' imicheas duine ann ſan là, cha tuiſlich è, oir ata ſè faicſin ſolus an t ſaoghail ſo.

10 Ach ma dh' imicheas duine ann ſan oidhche, tuiſlichidh ſè, do bhri' nach 'eil an ſolus ann.

11 Na nithe ſo a dubhairt è: agus 'na dhiaigh ſin, a deir se riu, Ata ar caraid Lasarus 'na chodal; ach ata mis' a' dol chum's gu'n dùiſgeam a codal è.

12 Ann ſin a dubhairt a dheiſciobuil, A Thighearna, ma 'ta è 'na chodal, bithidh ſè ſlàn.

13 Gidheadh do labhair Iosa m'a bhàs: ach ſhaoil iadſan gu 'n do labhair è mu thimchioll ſois codail.

14 Ann ſin a dubhairt Iosa riu gu ſoilleir, Fhuair Lasarus bàs:

15 Agus ata mi ſubhach air bhur ſon-ſa, nach raibh miſe ann ſin (chum's gu'n creid ſibh,) ach rachamaid d'a ionnſuidh.

16 Ann ſin a dubhairt Tomas, d' an goir'ear Didimus, r'a choimhdheiſciobluibh, Rachamaid-ne mar an ceudna, chum's gu 'm fuigh ſinn bàs maille ris.

17 Ann ſin 'nuair a thainig Iosa, fhuair ſe è taireis bhi cheana ceithir làith' ſan uaigh.

18 ('Noiſe bha Betani fogus do Hierusalem, mu thimchioll cuig-ſtàide-deug uaithe)

19 Agus thainig mòran do na h Iudhachaibh chum Mharta agus Mhuire, gu comh-fhurtachd a thoirt doibh a thaobh am bràthar.

20 Ann ſin 'nuair a chuala Marta gu 'n raibh Iosa a' teachd, chuaidh i 'na chomh-dhail: ach ſhuidh Muire ſan tigh.

21 Ann ſin a dubhairt Marta re h Iosa, A Thighearna, nam biodh tusa ann ſo, cha 'n fhuigheadh mo bhràthair bàs.

22 Ach ata fhios agam, a noiſe ſòs ge b'è air bith iad na nithe a dh' iarras tu air Dia, gu'n toir Dia dhuit *iad*.

23 Dubhairt Iosa ria, Eir'idh do bhràthair a-rìs.

24 Dubhairt Marta ris, Ata fhios agam gu'n eirich è 'rìs ſan eiſ-eirigh air an là dheireannach.

25 Dubhairt Iosa ria, Is miſe an eiſ-eirigh, agus a' bheatha: an ti chreideas ionnamſa, ge do gheibheadh è bàs, bithidh ſè beo;

26 Agus ge b'è neach ata beo, agus a' creidſin ionnamſa, cha 'n fhuigh ſe bàs a choidhch'. Am bheil thu creidſin ſo?

27 A dubhairt ſi ris, Ata, a Thighearna: creideam gur tu Criosd Mac Dhe, a bha gu teachd chum an t ſaoghail.

28 Agus air dh'i na nithe ſo radh, dh' fhalbh ſi, agus ghoir i a piuthar Muire os iosal, ag radh, Thainig am Maighiſdir, agus tha è ga d' ghairm.

29 'Nuair a chual' iſe *ſin*, dh' eirich i gu grad, agus thainig i d'a ionnſuidh.

30 'Noiſe cha raibh Iosa fòs air teachd do 'n bhaile, ach bha e ann ſan aite an do choinnich Marta è.

31 Ann ſin na h Iudhaich a bha maille ria ſan tigh, agus a' toirt comh-fhurtachd dh'i, 'nuair a chunnaic iad Muire gu'n d' eirich ſi gu grad, agus gu 'n deachaidh ſi 'mach, lean iad i, ag radh, 'Ta i dol chum na h uaighe, a chaoineadh ann ſin.

32 Ann ſin 'nuair a thainig Muire do 'n àite 'n raibh Iosa, agus

a

a chunnaic sí è, thuit i aig a chosaibh, ag radh ris, A Thighearna, nam biodh tusa ann so, cha 'n fhuigheadh mo bhràthair bàs.

33 Uime sin 'n uair a chunnaic Iosa i a' gul, agus na h Iudhaich a thainig maille ria a' gul mar an ceudna, rinn è osnadh 'na spiorad, agus chuir fè è fein fuidh thriobloid.

34 Agus a dubhairt fè, C' àit' an do chuir sibh è? Dubhairt iad ris, A Thighearna, thig agus faic.

35 Ghuil Iosa.

36 Ann sin a dubhairt na h Iudhaich, Feuch cionnas a ghràdhaich sè è!

37 Agus a dubhairt cuid diubh, Nach feudadh an duine so a dh' fhosgail sùilean an doill, a thoirt sainear nach fuigheadh eadhon am fear so bàs?

38 Uime sin thainig Iosa ag osnaich a-ris ann fein, chum na h uaighe. Agus * b' uamhuigh i, agus bha cloch 'na luidhe uirre.

39 Dubhairt Iosa, Togaibh a' chloch. Dubhairt Marta, piuthar an duine mhairbh, ris, A Thighearna, tha 'noise droch bholadh dheth: oir ata sè ceithir làith' *jan uaigh*.

40 Deir Iosa ria, Nach dubhairt mi riut, Ma chreideas tu, gu 'm faic thu glòir Dhe?

41 Ann sin thog iad a' chloch *o'n àite* ann s an raibh an duine marbh 'na luidhe. Agus thog Iosa suas a shùilean, agus a dubhairt sè, Athair, ata mi toirt buidheachais duit gu'n d' eisd thu rium.

42 Agus bha fhios agam gu bheil thu 'g eisteachd rium do ghnà': ach a dubhairt mi *è* air son an t sluaigh a 'ta 'n an seasamh a m' thimchioll, chum's gu'n creid iad gu 'n do chuir thusa *uait* mi.

43 Agus 'n uair a labhair è na nithe so, ghlaodh è le guth mòr, A Lasaruis, thig amach.

44 Agus thainig eisean a bha marbh amach, agus a chosa agus a lamha ceangailte leis an eadachmhuirbh: agus bha aghaidh ceangailte m' an cuairt le neapaicin. Deir Iosa riu, Fuasglaibh è, agus leigibh leis im'eachd.

45 Ann sin chreid mòran do na h Iudhachaibh ann, a thainig chum Mhuire, agus a chunnaic na nithe a rinn Iosa.

46 Ach dh' fhalbh cuid aca chum nam Phairiseach, agus dh' innis iad dhoibh na nithe a rinn Iosa.

47 Ann sin chruinnich na h àrdshagairt agus na Phairisich comhairle, agus a dubhairt iad, Ciod a'ta sinn a' deanamh? oir ata 'n duine so deanamh mòrain mhiorbhuile.

48 Ma leigeas sinn leis air an dòigh so, creididh na h uile dhaoine ann; agus thig na Romhanaich, agus bheir iad air falbh ar n àite, agus ar cinneach.

49 Ann sin a dubhairt fear àraidh dhiubh *d' am b' ainm* Caiaphàs, air dha bhi 'na àrd-shagart sa bhliadhnaidh sin, riu, Cha'n aithne dhuibh ni sam bith,

50 Ni mò 'ta sibh toirt fainear gur iomchu'idh air ar son-ne gu 'm suigheadh aon duine bàs air son a' phobuill, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios.

51 Ach ni b' ann uaithe fein a labhair è so: ach air dha bhi 'na àrd-shagart air a' bhliadhna' sin, rinn è fàidheadoireachd gu 'm fuigheadh Iosa bàs air son a' chinnich sin:

52 Agus ni h ann air son a' chinnich sin amhain, ach a chum mar an ceudna gu 'n cruinnicheadh è ann ceann a chéile 'n an aon, clann Dhe a bha air an sgapadh.

53 Uime sin o 'n là sin amach,

* bu chùas i,

† Y chuir

chuir iad an comhairle r'a chéile chum eifean a chur gu bàs.

54 Air an àdhbhar fin cha d' imich Iofa ni 's mò os àird am meafg nan Iudhach; ach chuaidh è as fin do dhùthaich làmh ris an fhafach, gu baile d' an goir'ear Ephraim, agus ann fin ghabh è comhnuidh maille r'a dheifciobluibh.

55 Agus bha càifg nan Iudhach am fogus: agus chuaidh mòran fuas as an dùthaich do Hierufalem roimh an chàifg, chum iad fein a ghlanadh.

56 Ann fin dh'iarr iad Iofa, agus labhair iad r'a chéile 'n an feafamh fan teampull, Ciod bhur bar'ailfe, nach d' thig è chum na féifde?

57 'Noife bha araon na h àrdfhagairt agus na Phairifich air toirt àithne, nam biodh fhios aig neach air bith c' àit' an raibh è, gu 'n innfeadh fè *è*, chum's gu 'n glacadh iad è.

CAIB. XII.

1 *'Ta Iofa ag gabhail leith-fgeil Mhuire air fon gu'n d' ung fi a chofa.* 9 *'Ta 'm pobull a' teachd 'n am buidh'nibh a dh' fhaicfin Lafaruis.* 10 *'Ta na h àrd-fhagairt gabhail comhairle Lafarus a mharbhadh.* 12 *'Ta Crioft a' marcachd gu Hierufalem.* 20 *'Ta tograidh aig Greugachaibh gu Iofa fhaicfin.* 23 *'Ta fè a' roimh-innfeadh a bhàis.* 37 *'Ta na h Iudhaich air an dalladh;* 42 *gidheadh 'ta mòran do na h àrd-uachdaranaibh a' creidfin, ach cha 'n 'eil iad 'ga aid'eachadh:* 44 *'Ta Iofa gu dùrachdach ag iarraidh aidmheil creidimh.*

ANN fin thainig Iofa, fea làith' roimh an chàifg, gu Betani, far an raibh Lafarus a bha marbh, neach a thog eifean o na marbhaibh.

2 Uime fin rinn iad fuipeir dha ann fin, agus bha Marta a' frithealadh: ach bha Lafarus 'na aon diubhs' a fhuidh air bòrd maille ris.

3 Ann fin ghabh Muire punnd do ola fpicnaird ro-luachmhor, agus dh'ung fi cofa Iofa, agus thiormaich fi a chofa leis a folt: agus bha 'n tigh air a lionadh le * àileadh cùbhruidh an olaidh.

4 Ann fin a deir aon d'a dheifciobluibh, Iudas Ifcariot, *mac* Shimoin, a bha gu eifean a bhrath',

5 C'ar fon nach do reiceadh an t ola fo air fon tri cheud peghinn, agus nach d' thugadh do na bochdaibh è?

6 Dubhairt è fo, cha b' ann do bhri' gu'n raibh fuim aige do na bochdaibh; ach a chionn gu'm bu ghaduich' è, agus gu'n raibh an fporan aige, agus gu'n do ghiulain è na nithe a chuireadh ann.

7 Ann fin a dubhairt Iofa, Leig leatha: fa chomhair là m' adhlaic ghleidh i fo.

8 Oir ata na bochdan a ghnà' agaibh maille ribh, ach cha 'n 'eil mife agaibh a ghnà'.

9 Agus bha fhios aig fluagh mòr do na h Iudhachaibh gu 'n raibh è 'n fin: agus thainig iad, ni h è amhàin air fon Iofa, ach a chum gu'm faiceadh iad mar an ceudna Lafarus, a thog eifean o na marbhaibh.

10 Ach rinn na h àrd-fhagairt comhairle, chum Lafarus fos a mharbhadh;

11 Do bhri' air a fhon-fa gu 'n d' imich mòran do na h Iudhachaibh, agus gu 'n do chreid iad ann Iofa.

12 Air an là màrach, air cluinntin do mhòr fhluagh, a thainig chum na féifde, gu 'n raibh Iofa a' teachd gu Hierufalem,

13 Ghlac iad geuga paim, agus chuaidh iad amach 'na chomhdhail, agus ghlaodh iad, Hofanna, is beannuichte Righ Ifraeil a 'ta teachd ann ainm an Tighearna.

14 Agus

* boltrach.

14 Agus, air faghail asail òg do Iosa, shuidh sè air; a reir mar ata è sgriobhta,

15 Na biodh eagal ort, a inghean Shioin: feuch, ata do Righ a' teachd, 'n a shuidhe air lothaidh asail.

16 Cha do thuig a dheisciobuil na nithe so air tùs: ach 'n uair a ghlòruicheadh Iosa, ann sin chuimhnich iad gu 'n raibh na nithe so sgriobhta uime, agus gu 'n d' rinn iad na nithe so dha.

17 Uime sin rinn am pobull a bha maille ris fia'nais, gur ghairm è Lasarus as an uaigh, agus gu 'n do thog sè o na marbhaibh è.

18 Air an àdhbhar sin fòs choinnich an sluagh è, do bhri' gu 'n cual' iad gu'n d' rinn è am miorbhuil so.

19 Dubhairt na Phairisich air an àdhbhar sin eatorra fein, Am faic sibh nach 'eil sibh a' buadhachadh bheag sam bith? feuch, ata 'n saoghal air dol 'n a dhiaigh.

20 Agus bha Greugaich àraidh am measg na muintir a chuaidh suas chum àdhra' dheanamh aig an fhéisd:

21 Air an àdhbhar sin thainig iadsan gu Philip, a bha o Bhetsaida na Galilee, agus dh' iarr iad air, ag radh, A Thighearna, bu mhiann leinn Iosa fhaicsin.

22 Thainig Philip agus dh'innis è do Aindreas: agus a-ris dh'innis Aindreas agus Philip do Iosa.

23 Agus fhreagair Iosa iad, ag radh, Thainig an uair, chum gu 'm biodh Mac an duine air a ghlòrachadh.

24 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Mur fuigh gràinne crui'neachd air dha tuiteam san talamh bàs, fanaidh sè 'na aonar: ach ma gheibh è bàs, bheir è toradh mòr uaithe.

25 Ge b'è neach a ghràdhaicheas anam, caillidh sè è: agus an ti a dh' fhuathaicheas anam ann san t saoghal so, coimheadaidh sè è chum na beatha maireannaich.

26 Ma ni neach air bith seirbhis dhamh-sa, leanadh è mi; agus ge b'è àit' am bi mise, ann sin bithidh mo sheirbhiseach mar an ceudna: ma ni neach seirbhis dhamh-sa, bheir m' Athair onoir dha.

27 'Noise 'ta m' anam fuidh thriobloid; agus ciod a their mi? Athair, saor mi o 'n uair so: ach is ann air a shon so a thainig mi chum na h uaire so.

28 Athair, glòraich t ainm. Ann sin thainig guth o neamh, Ghlòraich mi araon è, agus glòraichidh mi a-ris è.

29 Uime sin a dubhairt am pobull a sheas a làthair, agus a chuala *so*, Gu 'n raibh tairneanach ann: a dubhairt cuid eile, Labhair aingeal ris.

30 Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè, Ni h ann air mo shon-sa thainig an guth so, ach air bhur son-sa.

31 'Nois' ata breitheanas an t saoghail so: 'noise bithidh uachdaran an t saoghail so air a thilgeadh amach.

32 Agus ma thogar mise suas o'n talamh, tairngidh mi na h uile dhaoin' a'm' ionnsuidh.

33 (Ach a dubhairt è so, a' ciallachadh ciod a' ghnè bais a gheibheadh è.)

34 Fhreagair an sluagh è, Chuala sinne as an lagh, gu 'm fan Criosd gu siorruidh: agus cionnas a deir thusa, Gur eigin do Mhac an duine bhi air a thog'ail suas? co è so Mac an duine?

35 Ann sin a dubhairt Iosa riu, Fòs rè tamuill bhig ata n solus maille ribh; gluaisibh am feadh 's ata 'n solus agaibh, 'n t eagal gu 'm beir an dorchadas oirbh: oir an

ti

ti a 'ta 'g im'eachd ann dorchadas, cha 'n aithne dha c' àit' ata è dol.

36 Am feadh 's ata 'n solus agaibh, creidibh fan t solus, chum gu 'm bi sibh 'n ar cloinn do'n t solus. Labhair Iosa na nithe so, agus dh' fhalbh sè, agus dh' fholaich sè è fein uatha.

37 Ach ge do rinn è a choi'lion so do mhiorbhuilibh 'nan làthair, cha do chreid iad ann:

38 Chum gu 'm biodh briathra an fhàidh Esaias air an coi'lionadh, a dubhairt sè, A Thighearna, co a chreid ar n * aithris-ne? agus cia dha a dh' fhoillsicheadh gàirdein an Tighearna?

39 Air an àdhbhar so cha raibh è 'n comas doibh creidsin, do bhri' gu 'n dubhairt Esaias a ris,

40 Dhall sè an sùilean, agus chruadhaich sè an croidhe; chum's nach faiceadh iad le 'n sùilibh, agus nach tuigeadh iad le 'n croidhe, agus nàch pilleadh iad, agus gu'n slanuichinn iad.

41 A dubhairt Esaias na nithe so, 'n uair a chunnaic sè a ghlòir-sin, agus labhair sè uime.

42 Gidheadh chreid mòran do na h Uachdaranaibh ann; ach air son nam Phairiseach cha d' aidmhich siad è, 'n t eagal gu'n cuirte 'mach as an t sionagog iad.

43 Oir b' annsa leo glòir dhaoine na glòir Dhe.

44 Agus ghlaodh Iosa, agus a dubhairt sè, An ti a 'ta creidsin ionnamsa, ni h ionnamsa 'ta sè creidsin, ach ann san ti a chuir uaithe mi.

45 Agus an ti a 'ta ga m' fhaicsin-se, 'ta sè faicsin an ti do chuir uaithe mi.

46 Thainig mi a'm' sholus chum an t saoghail, ionnas ge b'è chreideas ionnam, nach fanadh è ann dorchadas.

47 Agus ma chluinneas neach air bith mo bhriathra-sa, agus nach creid è, cha 'n 'eil mise toirt breith air: oir cha d'thainig mi gu breith thoirt air an t saoghal, ach a shàbhaladh an t saoghail.

48 An ti 'ta cur cùl riumsa, agus nach 'eil a' gabhail mo bhriathra, ata aige neach a bheir breith air: am focal a labhair mi, bheir è sin breith air san là dheireannach.

49 Oir cha do labhair mi uam fein; ach an t Athair a chuir uaithe mi, thug sè àithne dhamh, creud a theiriun, agus creud a labhrainn.

50 Agus ata fhios agam gur beatha mhaireannach àithne-se: air an àdhbhar sin na nithe 'ta mi labhairt, amhuil mar a dubhairt an t Athair rium, is mar sin ata mise a' labhairt.

CAIB. XIII.

1 *Ta Crioſd a' nigheadh coſa nan deiſciobul,* 13 *ag earail orra bhi iriosal agus feirceil:* 18 *ag innſeadh ro'-làimh, agus a' foillſeachadh do Eoin le comharth', gur b'è Iudas a bhrathadh è;* 31 *a' toirt àithne dhoibh iad a ghràdhachadh a chéile;* 36 *agus a' roimhinnſeadh do Pheadar gu'n raibh sè gu eiſean àichſheunadh.*

NOISE roimh fhéisd na càisge, air do Iosa fios a bhi aige gu'n raibh uairs' air teachd, ann an rachadh sè as an t saoghal so, chum an Athar, air dha a mhuintir fein a bha ann san t saoghal a ghràdhachadh, ghràdhaich sè gus a' chrìch iad.

2 Agus 'n uair a bha 'n t suipeir thairis, (air do 'n diabhol a nois' a chur ann croidhe Iudas Iscariot, mhic Shimoin, eisean a bhrath')

3 Air aithneach' do Iosa gu 'n d' thug an t Athair na h uile nithe 'n a

* iomradh-ne.

'n a làmhaibh, agus gur ann o Dhia a thainig è, agus gu raibh è dol a dh' ionnsuidh Dhe,

4 Dh' eirich è o fhuipeir, agus chuir è dheth a bhrat, agus ghlac sè * làmh-anart, agus cheangail sè uime è.

5 'Na dhiaigh sin, dhòirt sè uisge ann soitheach-ionnlaid, agus thòs'aich è air cosan a dheiscibul ionnlad, agus an tiormachadh leis an làmh-anart a bha ceangailt' uime.

6 Ann sin thainig è gu Simon Peadar: agus a dubhairt eisean ris, A Thighearna, 'm bheil thusa 'g ionnlad mo chosan-sa?

7 Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ris, An ni so 'ta mi deanamh cha 'n aithne dhuits' a nois'; ach bithidh fios agad air ann diaigh so.

8 Dubhairt Peadar ris, Cha nigh thu mo chosan-sa a choidh'. Fhreagair Iosa è, Mur nigh mi thu, cha 'n 'eil cuid agad maille rium.

9 Deir Simon Peadar ris, A Thighearna, ni h iad mo chosa amhàin, ach mar an ceudna *mo* làmhan agus *mo* cheann.

10 A deir Iosa ris, An ti a 'ta air ionnlad, cha 'n 'eil feum aige, ach a chosan ionnlad, ach tha sè gu h iomlan glan: agus ata sibhse glan, ach cha 'n 'eil *sibh* uile *glan*.

11 Oir bha fhios aige co a bhrathadh è; uime sin a dubhairt sè, Cha 'n 'eil sibh uile glan.

12 Ann sin, taireis da an cosan ionnlad, agus eadach a ghabhail *d'a ionnsuidh*, shuidh sè a-ris, agus a dubhairt sè riu, Am bheil fhios agaibh ciod a rinn mi dhuibh?

13 Ata sibh gairm Maighistir, agus Tighearna dhiom: agus ata sibh 'g radh gu maith; oir is mi *sin*.

14 Uime sin ma dh' ionnlaid mise, bhur Tighearna agus bhur Maighistir, bhur cosan-sa, 's coir dhuibhse mar an ceudna cosan a chéile ionnlad.

15 Oir thug mi eisiomplair dhuibh, chum's mar a rinn mise dhuibh, gu'n deanadh sibhse mar an ceudna.

16 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Cha mhò an t-òglach na mhaighistir, agus cha mhò an teachdoire na 'n ti a chuir uaithe è.

17 Ma 's aithne dhuibh na nithe so, 's beannuichte sibh ma ni sibh iad.

18 Cha 'n 'eil mi labhairt oirbh uile; is aithne dhamh co a thagh mi: ach a chum gu 'm biodh an sgriobtuir air a choi'-lionadh, An ti ata 'g itheadh arain maille riusm, thog sè a shàil a'm' aghaidh.

19 'Noise deirim so ribh mun d' thig è gu crìch, chum's 'n uair a tharlas è, gu 'n creid sibh gur mise *è*.

20 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti ghabhas ge b'è a chuireas mise uam, ata sè ga m' ghabhail-se: agus ge b'è ghabhas mise, 'ta sè gabhail an ti a chuir uaithe mi.

21 Air do Iosa na nithe so radh, bha è fuidh thriobloid 'n a spiorad, agus rinn è fia'nais, agus a dubhairt sè, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gu 'm brath a h aon agaibh mise.

22 Ann sin dh' amhairc na deiscibuil air a chéile, fuidh amharus cia uime a labhair è.

23 'Noise bha aon d'a dheiscibluibh a' leigeadh a chud'rom air uchd Iosa, neach a b' ionmhuinn le Iosa.

24 Air an àdhbhar sin smèid Simon Peadar airsin, gu 'm feòraicheadh sè cia uime a labhair è.

25 Ann sin air dha-san aomadh re uchd Iosa, a deir sè ris, A Thighearna, co è?

26 Fhrea-

* tuailt.

26 Fhreagair Ioſa, Is è 'n ti ſin è d'an toir miſe an greim, taireis dhamh a thumadh. Agus 'nuair a thum è 'n greim, thug sè è do Iudas Iſcariot, *mac* Shimoin.

27 Agus ann ſin ann diaigh a' ghreim, chuaidh Satan a ſteach annſan. Ann ſin a dubhairt Ioſa ris, An ni a 'ta thu a' deanamh, dean gu grad è.

28 'Noiſe cha do thuig a h aon diubhſan a bha 'n an ſuidhe air a' bhòrd c'ar ſon a dubhairt è ſo ris.

29 Oir ſhaoil cuid *aca*, do bhri' gu'n raibh an ſporan aig Iudas, gu'n dubhairt Ioſa ris, Ceannaich *na nithe* a 'ta dh' uireaſbhuidh oirn' chum na féiſde: no, gu 'n d' thugadh è ni-eigin do na bochdaibh.

30 Ann ſin taireis da-ſan an greim a ghabhail, chuaidh sè 'mach air ball; agus bha 'n oidhch' ann.

31 Uime ſin, 'nuair a chuaidh eiſean amach, a dubhairt Ioſa, 'Nois' ata Mac an duine air a ghlòrachadh, agus tha Dia air a ghlòrachadh ann.

32 Ma 'ta Dia air a ghlòrachadh ann, glòraichidh Dia eiſean mar an ceudna ann fein, agus air ball glòraichidh sè è.

33 A chlann bheag, fòs ùine bheag ata miſe maille ribh. Iarraidh ſibh mi: agus mar a dubhairt mi ris na h Iudhachaibh, Do 'n àit' an d' theid mi, cha 'n 'eil è 'n comas duibhſe teachd; mar ſin a deirim ribhſe 'noiſe.

34 Aithne nuadh bheiream dhuibh, Gu 'n gràdhaich ſibh a chéile; mar a ghràdhaich miſe ſibhſe, gu 'n gràdhaich ſibh fein a chéile mar an ceudna.

35 Leis ſo aithnichidh na h uile dhaoine gur ſibh mo dheiſciobuil-ſe, ma bhios gràdh agaibh fein d'a chéile.

36 Deir Simon Peadar ris, A Thighearna, c' àit' a theid thu? Fhreagair Ioſa è, Do 'n àit' an d' theid mi, cha 'n urradh thus' a nois' mo leantuin; gidheadh leanaidh tu mi 'n a dhiaigh ſo.

37 Deir Peadar ris, A Thighearna, c' ar ſon nach urradh mi do leantuin a nois'? Leagaidh mi ſios m' anam air do ſhon.

38 Fhreagair Ioſa è, An cuir thu t anam air mo ſhonſa? Gu deimhin deimhin a deirim riut, Nach goir an coileach, gus an àichdheun thu mi tri uaire.

CAIB. XIV.

1 *'Ta Crioſd a' toirt comh-fhurtachd d'a dheiſciobluibh le d'ochas fhlaitheanais:* 6 *ag innſeadh gur è fein an t ſlighe, an fhìrinn, agus a' bheatha, agus gur aon è ſein is an t Athair:* 13 *a' toirt cinnte gu 'm bi 'n ùrnuighean tre ainmſe eifeachdach:* 15 *ag iarraidh gràidh uatha agus umhlachd dha fein:* 16 *gealltuin an Spioraid naoimh an Comh-fhurtoir:* 27 *agus a' fàg'ail a ſhìth maille riu.*

NA biodh bhur croidhe fuidh thriobloid: ata ſibh a' creidſin ann Dia, creidibh ionnamſa mar an ceudna.

2 Ann tigh m' Atharſa 'ta iomadh àite-comhnuidh; mur biodh *è mar ſin*, dh' innſinnſe dhuibh: ata mi dol a dh' ull'uchadh àite dhuibh.

3 Agus ma theid mi agus gu 'n ull'uich mi àite dhuibh, thig mi arìs, agus gabhaidh mi ſibh m' ionnſuidh fein, chum far am bheil mi, gu 'm bi ſibhſe *ann* mar an ceudna.

4 Agus is aithne dhuibh c' àit' am bheil mi dol, agus is aithne dhuibh an t ſlighe.

5 Deir Tomas ris, A Thighearna, cha 'n 'eil fhios againn c' àit' am bheil thu dol, agus cionnas a dh' fheudas eòlas na ſlighe bhi againn?

6 Deir Ioſa ris, Is miſe an t ſlighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha: cha d' thig aon neach chum an Athar ach triomſa.

7 Nam

7 Nam b' aithne dhuibh mìse, b' aithne dhuibh m' Athair mar an ceudna: agus a ſo ſuas is aithne dhuibh è, agus chunnaic ſibh è.

8 Deir Philip ris, A Thighearna, foillſich an t Athair dhuinne, agus is leòr leinn è.

9 Deir Ioſa ris, Am bheil mìſe ùine co'-fhada maille ribh, agus nach aithne dhuit fòs mi, Philip? an ti a chunnaic mìſe, chunnaic sè 'n t Athair; agus cionnas a deir thu, Foillſich an t Athair dhuinn?

10 Nach 'eil thu creidſin gu bheil mìſe ann ſan Athair, agus an t Athair ionnamſa? na briathra 'ta mi labhairt ribh, cha 'n ann uam fein ata mi 'g an labhairt: ach an t Athair, a 'ta gabhail comhnuidh ionnamſa, tha eiſean a' deanamh nan oibridh.

11 Creidibh mìſe gu *bheil* mi ann ſan Athair, agus an t Athair ionnamſa: no, creidibh mi air ion nan oibridh fein.

12 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a chreideas ionnamſa, na h oibridh a' ta mìſe a' deanamh, ni eiſean mar an ceudna, agus ni è *oibridh* a's mò na iad ſo; do bhri' gu bheil mìſe dol chum m' Athar.

13 Agus ge b'è ni a dh' iarras ſibh a' m' ainm-ſe, ni mìſe ſin, chum's gu 'm bi an t Athair air a ghlòrachadh ann ſa Mhac.

14 Ma dh' iarras ſibh ni air bith a' m' ainm-ſe, ni mìſe è.

15 Ma 's toigh libh mìſe, coimheadaibh m' àitheanta.

16 Agus guidhidh mìſe an t Athair, agus bheir è dhuibh Comhfhurtoir eile, chum's gu fan è do ghnà' maille ribh;

17 Spiorad na fìrinn, neach nach urradh an ſaoghal a ghabhail, do bhri' nach 'eil è 'g a fhaicſin, agus nach aithne dha è: ach is aithne dhuibhſe è, oir ata sè fantuin maille ribh, agus bithidh sè ionnaibh.

18 Cha 'n fhàg mi ſibh 'n ar dìlleachdaibh; thig mi d'ar ionnſuidh.

19 Tamull beag fòs, agus cha 'n fhaic an ſaoghal mi tuilleadh; ach chi ſibhſe mi: do bhri' gu bheil mìſe beo, bithidh ſibhſe beo mar an ceudna.

20 Ann ſan là ſin bithidh ſios a gaibh gu *bheil* mìſe ann m' Athair, agus ſibhſe ionnamſa, agus mìſe ionnaibhſe.

21 An ti aig am bheil m' àitheanta-ſa, agus ata 'g an coimhead, is eiſean aig am bheil gràdh dhamh-ſa: agus an ti aig am bheil gràdh dhamh-ſa, gràdhaichear le m' Athair è, agus gràdhaichidh mìſe è, agus foillſichidh mi mi fein da.

22 Deir Iudas (ni h è Iſcariot) ris, A Thighearna, cionnas ata è tachairt gu'm foillſich thu thu fein dhuinne, agus nach *dean thu ſin* do'n t ſaoghal?

23 Fhreagair Ioſa agus a dubhairt sè ris, Ma ghràdhaicheas neach mìſe, coimheadaidh sè m' fhocal: agus gràdhaichidh m' Athair eiſean, agus thig ſinn d'a ionnſuidh, agus ni ſinn comhnuidh maille ris.

24 An ti nach gràdhaich mìſe, cha choimhid è mo bhriathra: agus am focal ata ſibh a' cluinntin, cha leamſa è, ach leis an Athair a chuir uaithe mi.

25 Na nithe ſo labhair mi ribh, air dhamh bhi m' chomhnuidh maille ribh:

26 Ach an Comh-fhurtoir, an Spiorad naomh, a chuireas an t Athair uaithe a' m' ainmſe, teagaiſgidh eiſean dhuibh na h uile nithe, agus cuiridh sè 'n cuimhne dhuibh na h uile nithe a labhair mìſe ribh.

27 'Ta mi fàgail ſìth agaibh, mo ſhìth' ata mi toirt duibh: cha 'n ann mar a bheir an ſaoghal, ata mìſe toirt duibh. Na biodh bhur croidhe fuidh thriobloid, agus na biodh eagal air.

28 Chuala

28 Chuala ſibh mar a dubhairt mi ribh, Tha mi falbh, agus thig mi *a-rìs* d'ar ionnſuidh. Nam biodh gràdh aguibh dhamh-ſa, bhiodh aoibhneas oirbh, do bhri' gu 'n dubhairt mi, Ata mi dol chum an Athar: oir is mò m' Athair na miſe.

29 Agus a noiſe dh' innis mi dhuibh *ſo* roimh dha teachd gu crìch, chum's 'n uair a thig è gu crìch, gu creideadh ſibh.

30 A ſo ſuas cha labhair mi mòran ribh: oir ata uachdaran an t ſaoghail ſo a' teachd, agus cha 'n 'eil ni air bith aige ionnamſa.

31 Ach a chum's gu 'm bi fios aig an t ſaoghal gur ionmhuinn leam an t Athair; agus mar a thug an t Athair àithne dhamh, mar ſin ata mi a' deanamh. Eir'ibh, rachamaid as ſo.

CAIB. XV.

1 *An sòlas ata aig deiſciobluibh Chriosd, an gaol agus an coi'cheangal ata eidir iad agus eiſean, ſa choſamhlachd fìneambuin agus a geuga.* 18 *Comh-ſhurtachd fuidh ſhuath agus gheur-leanmhuin an t ſaoghail.* 26 *Dreachd an Spioraid naoimh, agus nan abſtol.*

IS miſe an fhìneamhuin fhior, agus is è m' Athair an * treabhaiche.

2 Gach uile gheug ionnamſa nach 'eil a' giulan toraidh, bheir sè air falbh i: agus gach uile *gheug* a 'ta tabhairt toraidh, glanaidh sè i, chum as gu'n giulain i tuilleadh toraidh.

3 'Nois' ata ſibhſe glan tre an fhocal a labhair mi ribh.

4 Fanaibh ionnamſa, agus miſe ionnaibhſe. Mar nach urradh a' gheug toradh a thoirt uaipe fein, mur fan i ſan fhìneamhuin: cha mhò is urradh ſibhſe, mur fan ſibh ionnamſa.

5 'S miſe an fhìneamhuin, ſibhſe na geuga: an ti dh' fhanas ionnamſa, agus miſe ann-ſan, bheir eiſean mòr-thoradh uaithe: oir as m' eugmhaiſe cha 'n urradh ſibh aon ni 'dheanamh.

6 Mur fan neach ionnamſa, 'ta sè air a thilgeadh amach mar ghéig, agus air crìonadh; agus tionailiuh daoine iad, agus tilgidh iad ſan teine iad, agus loiſgear iad.

7 Ma dh' fhanas ſibh ionnamſa, agus ma dh' fhanas m' fhocail ionnaibhſe, iarraidh ſibh gach ni a's àill libh, agus nithear dhuibh è.

8 Ann ſo ata m' Athair air a ghlòrachadh, gu 'n toir ſibhſe mòr-thoradh uaibh, agus bithidh ſibh 'nar deiſciobuil dhamh-ſa.

9 Mar a ghràdhaich an t Athair miſe, 's amhuil ſin a ghràdhaich miſe ſibhſe: fanaibhſe ann am ghràdh.

10 Ma choimheadas ſibh m' àitheanta, fanaidh ſibh ann am ghràdh: mar a choimhid miſe àitheanta m' Athar, agus ataim a' fantuin 'n a ghràdh.

11 Na nithe ſo labhair mi ribh, chum's gu fanadh mo ghàirdeachas ionnaibh, agus gu 'm biodh bhur gàirdeachas-ſa làn.

12 Is i ſo m' àithne-ſe, gu 'n d' thugadh ſibhſe gràdh d'a chéile, mar a ghràdhaich miſe ſibh.

13 Gràdh is mò na ſo cha 'n 'eil aig neach air bith, gu 'n leagadh duine anam ſios air ſon a chàirde.

14 Is ſibhſe mo chàirde-ſe, ma ni ſibh gach nithe a dh' àithneam dhuibh.

15 A ſo ſuas cha ghoir mi ſeirbhiſich dhibh; oir cha 'n aithne do'n t ſeirbhiſeach ciod ata a Thighearna deanamh: ach ghoir mi càirde dhibh; oir na h uile nithe a chuala mi o m' Athair, thug mi fios duibhſe orra.

16 Cha ſibhſe a thagh miſe, ach 's miſe a thagh ſibhſe, agus dh' òrduich mi ſibh, chum gu 'n rachadh ſibh, agus gu 'n d' thugadh ſibh 'mach

* tuathanach.

'mach toradh, agus gu maireadh bhur toradh: chum's ge b'è ni dh' iarras fibh air an Athair ann m' ainmſe, gu'n tabhair sè dhuibh è.

17 'Ta mi 'g àithne nan nithe ſo dhuibh, chum's gu'n gràdhaich fibh a chéile.

18 Ma 'ta'n ſaoghal 'g ar fuathachadh, tha fhios agaibh gu'n d' fhuathaich è miſe romhaibh.

19 Nam b' ann do 'n t ſaoghal fibh, ghràdhaicheadh an ſaoghal a chuid fein: ach do bhri' nach ann do 'n t ſaoghal fibh, ach gur thagh miſe fibh as an t ſaoghal, uime ſin tha fuath aig an t ſaoghal duibh.

20 Cuimhnichibh am focal a dubhairt mi ribh, Cha 'n 'eil an ſeirbhiſeach ni 's mò na a Thighearna. Ma rinn iad geur-leanmhuin ormſa, ni iad geur-leanmhuin oirbhſe mar an ceudna: ma choimhid iad m' fhocal-ſa, coimheadaidh iad bhur *focal-ſa* mar an ceudna.

21 Ach na nithe ſo uile ni iad ribh air ſon m' ainm-ſe, do bhri' nach aithne dhoibh eiſean a chuir uaithe mi.

22 Mur bithinn-ſe air teachd, agus air labhairt riu, cha bhiodh peacadh aca: ach a noiſe cha 'n 'eil leith-ſgeul am peacaidh aca.

23 An ti aig am bheil fuath dhamh-ſa, tha fuath aige do m' Athair mar an ceudna.

24 Mur bithinn-ſe air deanamh nan oibridh 'n am meaſg nach d'rinn aon neach eile, cha bhiodh peacadh aca: ach a noiſe chunnaic iad tòs, agus dh' fhuathaich iad araon miſe agus m' Athair.

25 Ach *rinneadh ſo* chum gu'n coi'-lionſadh am focal a 'ta ſgriobhta 'n an lagh fein, Dh' fhuathaich iad mi gun àdhbhar.

26 Ach 'n uair a thig an Comhfhurtoir, a chuireas miſe d'ar ionnſuidh o'n Athair, Spiorad na fìrinn, a tha teachd amach o'n Athair, ni eiſean fia'nais mu m' thimchioll-ſa.

27 Agus ni fibhſe fia'nais mar an ceudna, do bhri' gu bheil fibh maille rium o thùs.

CAIB. XVI.

1 *'Ta Crioſd a' toirt comh-fhurtachd d'a dheiſciobluibh ann aghaidh trioblaid le gealladh an Spioraid naoimh, agus aiſ-eirigh agus a dhol ſuas air neamh.* 23 *A' toirt cinnte dhoibh gu'm bi na h urnuighean a nithear 'na ainm-ſe taitneach d'a Athair.* 33 *Sìth ann Crioſd, agus ann ſan t ſaoghal triobloid.*

NA nithe ſo labhair mi ribh, chum nach fuigheadh fibh oilbheum.

2 Cuiridh iad as an t ſionagog fibh: ſeadh, thig an uair, ge b'è neach a mharbhas fibh, gu 'n ſaoil è gu bheil è deanamh ſeirbhis do Dhia.

3 Agus ni iad na nithe ſo dhuibh, do bhri' nach b' aithne dhoibh an t Athair, no miſe.

4 Ach dh' innis mi na nithe ſo dhuibh, chum 's 'n uair a thig an t àm, gu 'n cuimhnich fibh gu 'n d' innis miſe dhuibh iad. Ach cha dubhairt mi na nithe ſo ribh o thùs, do bhri' gu 'n raibh mi maille ribh.

5 Ach a nois' ata mi dol chum an ti chuir uaithe mi, agus cha 'n 'eil a h aon agaibhs' a' feòraich dhiom, C' àit' tha thu dol?

6 Ach air ſon gu 'n dubhairt mi na nithe ſo ribh, lion do-bròn bhur croidhe.

7 Gidheadh ata mi 'g innſeadh dhuibh na fìrinn; Is buannachd dhuibh miſe a dh' fhalbh: o'r mur falbh mi, cha d' thig an Comhfhurtoir d' ar ionnſuidh-ſe; a h ma dh' fhalbhas miſe, cuiridh mi e-ſean d' ar ionnſuidh.

8 Agus 'n uair a thig eifean, bheir è dearbh-fhoilleireachd do 'n t faoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas :

9 Mu pheacadh, do bhri' nach 'eil iad a' creidfin ionnam-fa ;

10 Mu fhìreantachd, do bhri' gu bheil mife dol a dh' ionnfuidh m' Athar, agus cha 'n fhaic fibh ni 's mò mi;

11 Mu bhreitheanas, air fon gu bheil uachdaran an t faoghail fo air a dhiteadh.

12 'Ta mòran nithe agam fòs re radh ribh, ach cha 'n urradh fibh an giulan an trà'-fa.

13 Ach 'n uair a thig eifean, Spiorad na fìrinn, treòraichidh è fibh chum gach uile fhìrinn : oir cha labhair è uaithe fein ; ach labhraidh sè na h uile nithe a chluinneas è : agus foillfichidh sè dhuibhfe nithe a 'ta re teachd.

14 Bheir eifean glòir dhamh-fa : oir gheibh sè do m' chuid-fe, agus nochdaidh sè dhuibhse è.

15 Gach uile nithe a 'ta aig an Athair, is leamfa iad : air an àdhbhar fo a dubhairt mi, gu 'm faigh sè do m' chuid-fe, agus nochdaidh sè dhuibhfe è.

16 Tamull beag agus cha 'n fhaic fibh mi ; agus a-rìs, tamull beag agus chi fibh mi, do bhri' gu bheil mi dol chum an Athar.

17 Ann fin a dubhairt *cuid* d'a dheifciobluibh eatorra fein, Creud è fo a deir sè ruinn, Tamull beag agus cha 'n fhaic fibh mi : agus a-rìs, tamull beag agus chi fibh mi : agus, Do bhri' gu bheil mi dol chum an Athar ?

18 Air an àdhbhar fin a dubhairt iad, Ciod è fo a deir sè, Tamull beag ? Cha 'n 'eil finne a' tuigfin creud a deir sè.

19 'Noife dh' aithnich Iofa gu 'n raibh toil aca fheòraich dheth, agus a dubhairt sè riu, Am bheil fibh feòraich 'nar meafg fein mar a dubhairt mi, Tamull beag agus cha 'n fhaic fibh mi : agus a-rìs, tamull beag agus chi fibh mi ?

20 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gu 'n dean fibhfe gul agus caoidh, ach ni 'n faoghal gàirdeachas : agus bithidh fibhfe do-bhrònach, ach pillear bhur bròn gu gàirdeachas.

21 'N uair a bhìos bean re faothair-chloinne, bithidh fi fa dhoilgheas, chionn gu bheil a h uair air teachd : ach 'n uair bheireas i 'n leanabh, cha chuimhnich i a h àmhghar ni 's mò, tre aoibhneas gu 'n d' rugadh duine chum an t faoghail.

22 Agus ata 'noife uime fin doilgheas oirbhfe : ach chi mis' a-rìs fibh, agus ni bhur croidhe gàirdeachas, agus bhur gàirdeachas cha bhuin neach air bith uaibh.

23 Agus air an là fin cha 'n iarr fibh ni air bith orm-fa : Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ge b'è nithe dh' iarras fibh air an Athair ann m' ainm-fe, gu 'n toir sè dhuibh iad.

24 Gus a fo cha d' iarr fibh ni air bith a' m' ainm-fe : iarraibh, agus gheibh fibh, chum as gu 'm bi bhur n aoibhneas * làn.

25 Na nithe fo labhair mi ribh am briathraibh dorch' : ach thig an uair ann snach labhair mi ni 's mò ribh am briathraibh dorch', ach innfidh mi gu foilleir mu 'n Athair dhuibh.

26 Ann fan là fin iarraidh fibh a' m' ainm-fe : agus cha 'n 'eil mi 'g radh ribh, gu 'n guidh mi an t Athair air bhur fon :

27 Oir is toigh leis an Athair fein fibh, air fon gu 'n d' thug fibh gràdh dhamh-fa, agus gu'n do chreid fibh gu'n d' thainig mi o Dhia.

28 Thainig mi amach o'n Athair, agus tha mi air teachd chum an t faoghail : a-rìs, ata mi fàgail an

* coi'-lionta.

an t saoghail, agus a' dol chum an Athar.

29 Deir a dheiſciobuil ris, Fèuch, a noiſe 'ta thu labhairt gu ſoilleir, agus cha 'n 'eil thu labhairt coſamhlachd air bith.

30 'Nois' ata cinnt againn gur aithne dhuit na h uile nithe, agus nach feum thu duine air bith a dh' fheòraich dhiot: air a ſhon ſo 'ta ſinn a' creidſin gu'n d' thainig thu o Dhia.

31 Fhreagair Ioſa iad, Am bheil ſibh 'noiſe creidſin?

32 Fèuch, thig an uair, ſeadh, ata i cheana air teachd, ann ſan ſgapar o chéile ſibh, gach aon g'a ionad fein, agus fàgaidh ſibh miſe a'm' aonar: ach gidheadh cha 'n 'eil miſe a' m' aonar, oir ata an t Athair maille rium.

33 Na nithe ſo labhair mi ribh, chum gu'm biodh sìth agaibh ionnamſa. Ann ſan t ſaoghal bithidh triobloid agaibh: ach biodh agaibh deadh mhiſneach, thug miſe buaidh air an t ſaoghal.

CAIB. XVII.

1 *'Ta Crioſd a' deanamh ùrnuigh r'a Athair eiſean a ghlòrachadh,* 6 *gu'n coimheadadh é abſtoil,* 11 *ann aonachd,* 17 *agus ann ſan fhìrinn:* 20 *gu'n glòraicheadh ſè iad, agus na h uile chreidmhich maille ris fein air neamh.*

LAbhair Ioſa na briathra ſo; agus thog è ſuas a ſhùile gu neamh, agus a dubhairt ſè, Athair, thainig an uair; glòraich do Mhac, chum's gu'n glòraich do Mhac thu mar an ceudna.

2 Amhuil mar a thug thu cumhachd dha air gach uile f heoil, chum's gach uile a thug tu dha, gu 'n d' thugadh eiſean dhoibh a' bheatha mhairtheanach.

3 Agus is i ſo a' bheatha mhairtheanach, eòlas a bhi aca ort-ſa an t aon Dia fior, agus air Ioſa Crioſd a chuir thu uait.

4 Ghlòraich miſe air talamh thu: chriochnaich mi 'n obair a thug thu dhamh r'a dheanamh.

5 Agus a noiſe, Athair, glòraich thuſa miſe maille riut fein, leis a' ghlòir a bha agam maille riut mun raibh an ſaoghal ann.

6 Dh' f hoillſich miſe t ainm do na daoinibh a thug thu dhamh as an t ſaoghal: bu leatſa iad, agus thug thu dhamh-ſa iad; agus choimhid iad t fhocal.

7 'Noiſe thuig iad gur ann uait a tha na h uile nithe, a thug thu dhamh-ſa.

8 Oir thug mi dhoibh na briathra a thug thuſa dhamh; agus ghabh ſiad iad, agus thuig iad gu fìrinneach gur ann uaitſe thainig mi, agus chreid iad gu'n do chuir thu uait mi.

9 Ata mi guidheadh air an ſonſa: cha'n 'eil mi guidheadh air ſon an t ſaoghail, ach air ſon na muintir ſin a thug thu dhamh, oir is leatſa iad.

10 Agus is leatſa na h uile nithe leamſa, agus is leamſa na nithe a's leatſa, agus ata mi air mo ghlòrachadh annta.

11 Agus a nois' cha 'n 'eil miſe ni 's mò ann ſan t ſaoghal, ach ata iadſan ſan t ſaoghal, agus ata miſe a' teachd a' t ionnſuidhs'. Athair naomha, coimhid iadſan tre t ainm, a thug thu dhamh-ſa, chum's gu 'm bi iad 'n an aon, amhuil mar *ata* ſinne.

12 Am feadh 's a bha miſe maille riu ann ſan t ſaoghal, choimhid mi iad tre t ainm-ſe: ghleidh mi a' mhuintir a thug thu dhamh, agus cha do chailleadh a h uon aca, ach mac an ſgrios: chum gu'm biodh an ſgriobtuir air a choi'-lionadh.

13 Agus

13 Agus anoiſe 'ta mi teachd a' d' ionnſuidhſe, agus ata mi labhairt nan nithe ſo ann ſan t ſaoghal, chum gu'm biodh mo ghàirdeachas aca air a choi'-lionadh annta.

14 Thug mi t fhocal dhoibh; agus thug an ſaoghal fuath dhoibh, air ſon nach ann do'n t ſaoghal iad, mar nach 'eil miſe do'n t ſaoghal.

15 Cha'n 'eil mi guidheadh gu'n d' thugadh tu as an t ſaoghal iad, ach gu'n coimheadadh tu o'n olc iad.

16 Cha'n 'eil iadſan do 'n t ſaoghal, mar nach 'eil miſe do'n t ſaoghal.

17 Naomhaich iad tre t fhìrinn: is è t fhocal-ſa an fhìrinn.

18 Mar a chuir thuſa miſe chum an t ſaoghail, mar ſin chuir miſe iadſan fòs chum an t ſaoghail.

19 Agus air an ſon-ſa 'ta miſe ga m' naomhachadh fein, chum's gu'm biodh iadſan fòs air an naomhachadh tre 'n fhìrinn.

20 Agus cha'n 'eil mi guidheadh air an ſon-ſan amhàin, ach mar an ceudna air ſon na muintir ſin a chreideas ionnamſa tre am focal-ſa:

21 Chum's gu'm bi iad uile 'n an aon, mar *ata* thuſa, Athair, ionnamſa, agus miſe ionnadſa; ionnas gu'm bi iadſan mar an ceudna 'n an aon annainne: chum's gu'n creid an ſaoghal gu'n do chuir thuſa uait mi.

22 Agus thug miſe dhoibhſin a' ghlòir a thug thuſa dhamh-ſa: chum's gu 'm bi iad 'n an aon, eadhon mar ata ſinne 'n ar aon:

23 Miſe annta-ſa, agus thuſa ionnamſa, chum's gu'n deanar coi'-lionta iad ann aon, agus chum's gu'm bi fios aig an t ſaoghal gu'n do chuir thuſa uait mi, agus gu'n do ghràdhaich thu iadſan, *eadhon* mar a ghràdhaich thu miſe.

24 Athair, is àill leam an dream a thug thu dhamh, gu 'm bi iad fòs maille riumſa, far am bheil mi; chum's gu faic iad mo ghlòir a thug thu dhamh: oir ghràdhaich thuſa mi mun do leagadh bunaite an domhain.

25 Athair cho'thromaich, cha b' aithne do 'n t ſaoghal thuſa; ach b' aithne dhamhſa thu, agus thuig iadſa gur chuir thuſa uait mi.

26 Agus dh' fhoillſich miſe t ainm dhoibh, agus foillſichidh mi *è:* chum's gu 'm bi an gràdh leis an do ghràdhaich thu miſe, annta-ſan, agus miſe annta.

CAIB. XVIII.

1 *'Ta Iudas a' brath' Ioſa.* 6 *'Ta na maoir a' tuiteam air an talamh.* 10 *'Ta Peadar a' gearradh cluais Mhalchuis dheth.* 12 *'Ta Ioſa air a ghlacadh, agus air a thoirt gu Annas agus Caiaphas.* 15 *Aichſheunadh Pheadair.* 19 *'Ta Ioſa air a cheaſnachadh ann làthair Chaiaphais:* 28 *Air agairt mar dhuine cionàch ann làthair Philait:* 36 *A rioghachd.* 40 *Na h Iudhaich ag iarraidh Bharabbais.*

NI Uair a labhair Ioſa na briathra ſo, chuaidh è maille r'a dheiſciobluibh thairis air ſruth Chedron, far an raibh gàradh, ann an deachaidh è fein agus a dheiſciobuil.

2 Agus b' aithne do Iudas fòs, a bhraith eiſean, an t àite: oir chuaidh Ioſa gu tric ann ſin, maille r'a dheiſciobluibh.

3 Ann ſin air do Iudas cuideachd agus maoir fhaghail o na h àrd-ſhagartaibh agus na Phairiſichibh, thainig è do 'n àite ſin le * leuſaibh, agus † lòchranaibh, agus armaibh.

4 Uime

* lantoiribh. † lampuibh.

4 Uime ſin air do Ioſa fios a bhi aige air gach uile nithibh a bha gu teachd air, chuaidh è 'mach, agus a dubhairt sè riu, Co 'ta ſibh ag iarraidh?

5 Fhreagair iadſan è, Ioſa o Naſaret. Deir Ioſa riu, Is miſe è. Agus ſheas fòs Iudas, a bhraith eiſean, maille riu.

6 Ann ſin co'-luath 's a dubhairt è riu, Is miſe è, chuaidh iad air an ais, agus thuit iad air an lar.

7 Ann ſin dh' fheòraich è dhiubh a-rìs, Co ata ſibh ag iarraidh? Dubhairt iadſan, Ioſa o Naſaret.

8 Fhreagair Ioſa, A dubhairt mi ribh gur miſe è. Uime ſin ma 'ta ſibh ga m iarraidh-ſe, leigibh leo ſin falbh:

9 Chum gu 'n coi'-lionfadh am focal a labhair è, An dream a thug thu dhamh, cha do chaill mi a h aon diubh.

10 Ann ſin air do Shimon Peadar cloidheamh a bhi aige, tharruing sè è, agus bhuail è òglaoch an àrd-ſhagairt, agus ghearr sè a' chluas dheas deth. Agus b'è ainm an òglaoich Malchus.

11 Ann ſin a dubhairt Ioſa re Peadar, Cuir do chloidheamh ſan truaill: an cupan a thug m' Athair dhamh-ſa, nach òl mi è?

12 Ann ſin rug a' chuideachd, agus an caiptin, agus maoir nan Iudhach air Ioſa, agus cheangail iad è,

13 Agus thug iad leo è air tùs gu Annas (oir b' eiſean athair-ceile Chaiaphais, neach a bha 'n a ard-ſhagart air a' bhliadhna ſin.)

14 'Noiſe b'è Caiaphas a thug comhairle do na h Iudhachaibh, gu 'm b' iomchu'idh aon duine bhi air a mhillcadh air ſon a' phobuill.

15 Agus lean Simon Peadar, agus deiſciobul eile, Ioſa. B' aithne do 'n àrd-ſhagart an deiſciobul ſin, agus chuaidh sè a ſteach maille re h Ioſa do chùirt an àrd-ſhagairt.

16 Ach ſheas Peadar aig an dorus an leth 'muigh. Uime ſin chuaidh an deiſciobul ſin eile a b' aithne do 'n àrd-ſhagart amach, agus labhair è ris a' bhan-dorſair, agus thug è Peadar a ſteach.

17 Ann ſin a dubhairt a' bhan-oglach a bha gleidheadh an doruis re Peadar, Nach ann do dheiſciobluibh an duine ſo thuſa fòs? a dubhairt eiſean, Cha 'n ann.

18 Agus bha na ſeirbhiſich agus na maoir 'n an ſeaſamh, air dhoibh teine guail a chur ſuas, oir bha 'm fuachd ann, agus bha iad 'g an garadh fein: agus bha Peadar 'n a ſheaſamh maille riu, agus 'g a ghradh fein.

19 Ann ſin dh' fhioſraich an t àrd-ſhagart do Ioſa mu thimchioll a dheiſciobul, agus mu thimchioll a theagaiſg.

20 Fhreagair Ioſa è, Labhair miſe os-àird ris an t ſaoghal; theagaiſg mi a ghnà' ann ſan t ſionagog, agus ann ſan teampull, far am bheil na h Iudhaich a' cruinneachadh o gach àite, agus am ſolach cha do labhair mi ni air bith.

21 C'ar ſon ata thu fioſrachadh dhiomſa? Fioſraich dhiubhſan a chuala, creud a dubhairt mi riu: feuch, ata fhios aca-ſan ciod a dubhairt mi.

22 Agus 'n uair a dubhairt è na nithe ſo, bhuail aon do na maoraibh, a bha 'n a ſheaſamh a làthair, a bhas air Ioſa, ag radh, 'N ann mar ſo a fhreagras tu an t àrd-ſhagart?

23 Fhrea-

23 Fhreagair Ioſa è, Ma labhair mi gu h olc, dean fia'nais air an olc: ach ma 's ann gu maith, c'ar ſon ata thu ga m' bhualadh?

24 ('Noiſe bha Annas air a chur-ſan ceangailte gu Caiaphas an tàrd-ſhagart.)

25 Agus bha Simon Peadar 'n a ſheaſamh agus 'g a gharadh: Uime ſin a dubhairt iad ris, Nach aon d'a dheiſciobluibh thuſa fòs? Dh' àich-ſheun eiſean, agus a dubhairt sè, Ni h eadh.

26 A dubhairt aon do ſheir-bhiſeachaibh an àrd-ſhagairt, (caraid do'n ſhear do'n ghearr Peadar a chluas,) Nach faca miſe thu ſa ghàra' maille ris?

27 Ann ſin dh' àichſheun Peadar a-rìs, agus air ball ghoir an coileach.

28 Ann ſin thug iad Ioſa o Chaiaphas gu àit' a' bhreitheanais: agus b'imhaidin a bh' ann, agus cha deachaidh iad fein do àit' a' bhreitheanais, chum's nach biodh iad air an ſalachadh: ach gu 'n itheadh iad a' chàiſg.

29 Ann ſinn chuaidh Pilat amach d' an ionnſuidh, agus a dubhairt è, Ciod a' chùis ata ſibh a' cur air an duine ſo?

30 Fhreagair iadſan agus a dubhairt iad ris, Mur bu duine drochmhuint' è, cha d' thugamaid thairis dhuits' è.

31 Ann ſin a dubhairt Pilat riu, Gabhaibhſe è, agus thugaibh breith air a reir bhur lagha fein. Ann ſin a dubhairt na h Iudhaich ris, Cha 'n 'eil è ceadaichte dhuinne neach air bith a chur gu bàs:

32 Chum gu 'm biodh focal Ioſa air a choi'lionadh, a labhair è, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis a bha è gu fhaghail.

33 Ann ſin chuaidh Pilat a ſteach a-rìs do àit' a' bhreitheanais, agus ghoir è Ioſa, agus a dubhairt sè ris, An tuſa righ nan Iudhach?

34 Fhreagair Ioſa è, Am bheil thu 'g radh ſo uait fein, no an d' innis *daoin'* eile dhuit è a m' thimchioll-ſa?

35 Fhreagair Pilat, An Iudhach miſe? Thug do chinneach fein, agus na h àrd-ſhagairt thairis dhamh-ſa thu: ciod a rinn thu?

36 Fhreagair Ioſa, Cha 'n ann do 'n t ſaoghal ſo ata mo rioghachd-ſa: nam b' ann do 'n t ſaoghal ſo bhiodh mo rioghachd, dheanadh mo ſheirbhiſich cogadh, chum nach d' thugta' thairis do na h Iudhachaibh mi: ach a noiſe ni h ann o ſo ata mo rioghachd.

37 Air an àdhbhar ſin a dubhairt Pilat ris, An righ thu ma ſeadh? Fhreagair Ioſa, Deir tu gur righ mi. 'S ann chum na crìche ſo rugadh mi, agus chum na crìche ſo thainig mi air an t ſaoghal, chum's gu 'n deanainn fia'nais do 'n fhìrinn. Gach uile a 'ta air taobh na fìrinn, eiſdidh è re m' ghuth-ſa.

38 Dubhairt Pilat ris, Ciod i an fhìrinn? Agus air dha ſo a radh, chuaidh sè 'mach a-rìs chum nan Iudhach, agus a deir sè riu, Ni bheil miſe a' faghail coire air bith ann.

39 Ach ata gnàth agaibhſe, gu'n leiginnſe as duine dhuibh air a' chàiſg: uime ſin an àill libh miſe a leigeadh righ nan Iudhach fa ſgaoil duibh?

40 Ann ſin ghlaodh iadſan uile a-rìs, ag radh, Ni h è an duine ſo, ach Barabbas. 'Noiſe b' fhearreubainn Barabbas.

CAIB. XIX.

1 *'Ta Criosd air a sgiursadh, air a chrùnadh le droighinn, agus air a bhualadh.* 4 *Ata Pilat togarrach a leigeadh fa sgaoil, ach air*

air dha bhi air aomadh le gàrthaich nan Iudhach, thug sè thairis è chum bhi air a cheusadh. 23 *'Ta iad a' tilgeadh chrann air eadach:* 26 *Ata sè ag earbsadh a mhàthar re Eoin:* 28 *A' faghail a' bhàis:* 34 *A thaobh air a lotadh:* 38 *Ata sè air adhlac le Ioseph agus Nicodemus.*

ANN sin air an àdhbhar sin ghlac Pilat Iosa, agus sgiurs sè è.

2 Agus dh' fhigh na saighdfheara crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann è, agus chuir iad brat purpuir uime,

3 Agus a dubhairt iad, Fàilt' ort, a righ nan Iudhach: agus bhuail iad le 'm basaibh è.

4 Ann sin chuaidh Pilat amach a-ris, agus a deir sè riu, Feuch, ata mise 'g a thoirt amach d' ar ionnsuidh, chum's gu 'm bi fios agaibh nach 'eil mise faghail coire sam bith ann.

5 Ann sin thainig Iosa amach, agus an crùn droighinn air, agus am brat purpuir uime. Agus a deir *Pilat* riu, Feuch an duine.

6 Uime sin 'n uair a chunnaic na h àrd-shagairt agus na maoir è, ghlaodh iad, ag radh, Ceus è, ceus è. Deir Pilat riu, Gabhaibhse è, agus ceusaibh è: oir cha 'n 'eil mise a' faghail coire air bith ann.

7 Fhreagair na h Iudhaich è, 'Ta lagh againne, agus a reir ar laghne 's coir a chur gu bàs, air son gu 'n d' rinn sè Mac Dhe dheth fein.

8 Uime sin 'n uair a chuala Pilat a' chainnt sin, bu mhòid a bha dh' eagal air;

9 Agus chuaidh è steach a-ris a dh' àit' a' bhreitheanais, agus deir sè re h Iosa, Cia as duit? ach cha d' thug Iosa freagradh air.

10 Ana sin a deir Pilat ris, Nach labhair thu riumsa? nach 'eil fhios agad gu bheil cumhachd agamsa do cheusadh, agus gu bheil cumhachd agam do chur fa sgaoil?

11 Fhreagair Iosa, Cha bhiodh cumhachd air bith agad a' m' aghaidh-se, mur d' thugtadh dhuit o'n àird' è: air an àdhbhar sin an ti a thug mise thairis dhuit, ata aige-sin am peacadh a's mò.

12 Agus o sin suas dh' iarr Pilat a chur fa sgaoil: ach ghlaodh na h Iudhaich, ag radh, Ma leigeas tu 'm fear so fa sgaoil, cha charaid do Cheasar thu: ge b'è neach ata 'g a dheanamh fein 'na righ, 'ta sè labhairt ann aghaidh Cheasair.

13 Uime sin 'n uair a chuala Pilat a' chainnt sin, thug è 'mach Iosa, agus shuidh sè air a' chaithir-bhreitheanais, ann san ionad d'an goir'ear an Leac-ùrlar, ach ann san Eabhrais, Gabbata.

14 Agus b'è là-ullamhachaidh na càisge è, agus mu thimchioll na seathadh uaire: agus a deir sè ris na h Iudhachaibh, Feuch bhur righ.

15 Ach ghlaodh iadsan amach, Beir uainn, beir uainn, ceus è. Deir Pilat riu, An ceus mi bhur righ-se? Fhreagair na h àrd-shagairt, Cha 'n 'eil righ againne ach Ceasar.

16 Ann sin air an àdhbhar sin thug sè thairis dhoibh è, chum bhi air a cheusadh. Agus ghlac iad Iosa, agus thug iad leo è.

17 Agus chuaidh è 'mach, a' giulan a chrann-ceusaidh, do 'n ionad d' an goir'ear *àit'* a' chloiginn, d' an ainm san Eabhrais, Golgota.

18 Ann sin cheus iad è, agus dias eile maille ris, fear air gach taobh, agus Iosa sa mheadhon.

19 Agus sgriobh Pilat fòs tioda!, agus chuir sè air a' chrann-cheusaidh è. Agus b'è an sgriobha, IOSA O NASARET RIGH NAN IUDHACH.

20 Uime sin leugh mòran do na h Iu-

dhachaibh an tiodal so: oir bha 'n tàit' ann do cheusadh Iosa fogus do 'n bhaile: agus bha an sgriobha ann Eabhrais, Greugais, agus ann Laidin.

21 Ann sin a dubhairt àrd-shagairt nan Iudhach re Pilat, Na sgriobh, Righ nan Iudhach; ach gu 'n dubhairt è, Is mi righ nan Iudhach.

22 Fhreagair Pilat, An ni a sgriobh mi, sgriobh mi è.

23 Ann sin 'n uair a cheus na saighd-fheara Iosa, ghlac iad eadach (agus rinn iad ceithir earroinnean, earroinn do gach saighd-fhear) agus *a* chòta mar an ceudna: agus bha 'n còta gun fhuaigheal, air fhigheadh o bhràighe *gios* gu h iomlan.

24 Dubhairt iad uime sin eatorra fein, Na reubamaid è, ach tilgeamaid croinn air, co aig a bhitheas è: chum gu 'n coi'-lionfadh an sgriobtuir, a deir, Roinn sad mo thrusgan eatorra, agus thilg iad croinn air mo bhrat. Air an àdhbhar sin rinn na saighd-fheara na nithe so.

25 'Noise sheas làimh re crann-ceusaidh Iosa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire *bean* Chleophas, agus Muire Magdalen.

26 Uime sin 'n uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b' ionmhuinn leis 'na sheasamh a làthair, a dubhairt sè r'a mhàthair, A bhean, feuch do mhac.

27 Ann sin a deir sè ris an deisciobul, Feuch do mhàthair. Agus o 'n àm sin amach thug an deisciobul *sin* leis i d'a thigh fein.

28 Ann diaigh so air do Iosa fios a bhi aige gu 'n raibh gach uile nithe a nois' air an criochnach', chum gu 'n coi'-lionfadh an sgriobtuir, a deir sè, Tha tart orm.

29 'Noise bha ann sin soitheach làn do fhion-geur: agus air dhoibh-sin spuing a lionadh do 'n fhion-gheur, agus a chur air hisop, shin iad chum a bheoil è.

30 Ann sin 'n uair a ghabh Iosa am fion-geur, a dubhairt sè, 'Ta è criochnaichte: agus air cromadh a chinn da, thug è suas *a* spiorad.

31 Ann sin chum's nach fanadh na cuirp air a' chrann-cheusaidh air an t sàbaid, do bhri' gur b'è là an ullamhachaidh a bha ann (oir bu là mòr an là sàbaid sin) dh'iarr na h Iudhaich air Pilat gu 'n rachadh an luirgne a bhriseadh, agus gu 'n d' thugtadh air falbh iad.

32 Ann sin thainig na saighd-fheara, agus bhris iad luirgne a' cheud fhir, agus luirgne an fhir eile, a cheusadh maille ris.

33 Ach air dhoibh teachd chum Iosa, 'n uair a chunnaic iad gu 'n raibh è cheana marbh, cha do bhris iad a luirgne-se.

34 Ach lot fear do na saighd-fhearaibh a thaobh le sleidh, agus ball thainig amach fuil agus uisge.

35 Agus thug an ti chunnaic *sin* fia'nais, agus ata fhia'nais firinneach: agus ata fhios aige gu bheil è labhairt na firinn, chum gu'n creideadh sibhse.

36 Oir rinneadh na nithe so, chum gu'n coi'-lionfadh an sgriobtuir; Cha bhrisear cnàimh dheth.

37 Agus a-ris a deir sgriobtuir eile, Amhaircidh iad air-sin a lot iad.

38 'N a dhiaigh so, dh'iarr Ioseph o Arimatea (neach a bha 'n a dheisciobul aig Iosa, ach am folach air eagal nan Iudhach) air Pilat comas corp Iosa a thoirt leis: agus leig Pilat *sin* leis: Thainig è air an àdhbhar sin agus thug è leis corp Iosa.

39 Thainig mar an ceudna Nicodemus (neach a thainig air tus

gu

gu Ioſa ſan oidhche) agus thug è leis mu thimchioll ceud punnd do mhirrh agus do aloes air am meaſgadh feidh chéile.

40 Ann ſin ghabh iad corp Ioſa, agus * cheangail iad è ann lion-eadaichibh, maille ris na ſpìoſraidh, mar is gnàth leis na h Iudhachaibh adhlac a dheanamh.

41 'Noiſe bha gàrdh ann ſan àit' ann do cheuſadh è; agus ann ſa ghàradh uaigh nuadh, ann s nach do chuireadh aon duine riamh.

42 Air an àdhbhar ſin, air ſon ull'uchaidh *càiſg'* nan Iudhach, do bhri' gu'n raibh an uaigh am fogus, chuir iad Ioſa ann ſin.

CAIB. XX.

1 *'Ta Muire teachd a chum na h uaighe*; 3 *Agus Peadar agus Eoin, agus iad gun ſhios ac' air aiſeirigh-ſin.* 11 *Dh'fhoillſicheadh Crioſd do Mhuire Magdalen,* 19 *agus d'a dheiſciobluibh.* 24 *Mi-chreidimh agus aidmheil Thomais.* 30 *'Ta'n ſgriobtuir foghainteach chum ſlàinte.*

AIR a' cheud là do'n t ſeachduin thainig Muire Magdalen, gu moch, agus an dorchadas fòs ann, chum na h uaighe, agus chunnaic i a' chloch air a tog'ail o'n uaigh.

2 Ruidh i ann ſin, agus thainig i gu Simon Peadar, agus gus an deiſciobul eile a b'ionmhuinn le h Ioſa, agus deir ſi riu, Thug iad leo an Tighearna as an uaigh, agus cha'n 'eil fhios againn c'àit' an do chuir iad è.

3 Uime ſin chuaidh Peadar amach, agus an deiſciobul ſin eile, agus thainig iad chum na h uaighe.

4 Agus ruidh iad 'n an dias maraon: agus rùidh an deiſciobul eile ni bu luaithe na Peadar, agus thainig è air tùs chum na h uaighe.

5 Agus air cromadh ſios da, chunnaic è 'n lion-eadach 'n a luidhe; gidheadh cha deachaidh è ſteach.

6 Ann ſin thainig Simon Peadar 'g a leantuin, agus chuaidh è ſteach do'n uaigh, agus chunnaic è 'n lion-eadach 'n a luidhe;

7 Agus an neapaicin a bha m'a cheann, cha 'n ann 'n a luidhe maille ris an lion-eadach, ach air leith air fhilleadh ann aon àite.

8 Ann ſin chuaidh a ſteach mar an ceudna an deiſciobul ſin eile a thainig air tùs chum na h uaighe, agus chunnaic, agus chreid ſè.

9 Oir cha do thuig iad fòs an ſgriobtuir, gur b'eigin gu'n eir'eadh eiſean a-rìs o na marbhaibh.

10 Ann ſin dh'fhalbh na deiſciobuil a-rìs chum an cuideachd fein.

11 Ach ſheas Muire aig an uaigh a muigh, a' gul: agus ag gul dith, chrom i ſios, *ag amharc* a ſteach do'n uaigh,

12 Agus chunnaic i dà aingeal ann *culaidhibh* geala, 'n an ſuidhe, fear aig a' cheann, agus fear aig a' choſaibh, ſan àit' ann raibh corp Ioſa 'n a luidhe:

13 Agus a deir iadſan ria, A bhean, c'ar ſon ata thu gul? A deir ſi riu, Air ſon gu'n d' thug iad mo Thighearna leo, agus cha'n 'eil fhios agam c'àit' an do chuir iad è.

14 Agus 'n uair a dubhairt i ſo, phill ſi air a h ais, agus chunnaic ſi Ioſa 'n a ſheaſamh, agus cha d'aithnich i gur b'è Ioſa bha ann.

15 Deir Ioſa ria, A bhean, c'ar ſon ata thu gul? co 'ta thu 'g iarraidh? air ſaoilſin d'iſe gur b'è an gàradoir a bh'ann, a deir ſi ris, A * thighearna, ma thug thuſa leat è, innis dhamh-ſa c'àit' an do chuir thu è, agus bheir miſe leam è.

16 Deir Ioſa ria, A Mhuire. Air

* phàſg.

* dhuine n.hai h.

tionnda' dh' iſe, a dubhairt ſi ris, Rabboni, 's è ſin r'a radh, A Mhaighiſdir.

17 Deir Ioſa ria, Na bean rium: oir cha deachaidh mi fòs ſuas chum m' Athar: ach im'ich chum mo bhràithre, agus abair riu, Ata miſe dol ſuas chum m' Athar fein agus bhur n Athar-ſa, agus *chum* mo Dhe fein agus bhur De-ſe.

18 Thainig Muire Magdalen agus dh' innis i do na deiſciobluibh, gu'm fac' i 'n Tighearna, agus gu'n dubhairt è na nithe ſo ria.

19 Agus air teachd do'n fheaſgar an là ſin fein, air a'cheud *là* do'n t ſeachduin, agus na dorſa dùinte, far an raibh na deiſciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thainig Ioſa agus ſheas è ſa mheadhon, agus a deir ſè riu, Sìth dhuibhſe.

20 Agus air dha ſo a radh, nochd è dhoibh *a* làmhan agus a thaobh. Ann ſin bha aoibhneas air na deiſciobluibh 'n uair a chunnaic iad an Tighearna.

21 Ann ſin a dubhairt Ioſa riu a-rìs, Sìth dhuibhſe: mar a chuir an t Athair uaithe miſe, is amhuil ſin ata miſe 'g ar cur-ſa *uam*.

22 Agus air dha ſo a radh, ſhéid è orra, agus a deir ſè riu, Gabhaibhſe an Spiorad naomh.

23 Ge b'è air bith iad d' am maith ſibh am peacaidh, ata iad maithte dhoibh; *agus* co air bith iad a chumas ſibh am *peacaidh gu'n a' maitheamh*, ata ſiad air an cumail.

24 Ach cha raibh Tomas, aon do 'n dà-fhear-dheug, d'an goir'ear Didimus, maille riu 'n uair a thainig Ioſa.

25 Uime ſin a dubhairt na deiſciobuil eile ris, Chunnaic ſinne an Tighearna. Ach a dubhairt eiſean riu, Mur faic miſe * aileadh nan tairngean 'na làmhaibh, agus mur cuir mi mo mhèur ann aileadh nan tairngean, agus mur cuir mi mo làmh 'n a thaoibh, cha chreid mi.

26 Agus ann ceann ochd làith' 'na dhiaigh ſin, bha a dheiſciobuil a-rìs a ſtigh, agus Tomas maille riu: thainig Ioſa, agus na dorſa dùinte, agus ſheas è ſa mheadhon, agus a dubhairt ſè, Sìth dhuibh.

27 'Na dheigh ſin a deir ſè re Tomas, Cuir ann ſo do mhèur, agus fèuch mo làmhan; agus sìn ann ſo do làmh, agus cuir a'm' thaoibh i: agus na bi mi-chreid'each, ach creid'each.

28 Agus fhreagair Tomas, agus a dubhairt ſe ris, Mo Thighearna agus mo Dhia.

29 Deir Ioſa ris, Air ſon gu faca tu mi, a Thomais, chreid thu: 's beannuicht' iadſan nach faca, agus a chreid.

30 Agus rinn Ioſa gu fìrinneach mòran do mhiorbhuilibh eile am fia'nais a dheiſciobul, nach 'eil ſgriobhta ſan leabhar ſo.

31 Ach ata iad ſo ſgriobhta, chum gu'n creideadh ſibh gur è Ioſa an Crioſd Mac Dhe, agus ag creidſin duibh, gu'm biodh agaibh beatha trìd ainm-ſe.

CAIB. XXI.

1 *'Ta Crioſd 'g a ſhoillſeachadh fein a-rìs d'a dheiſciobluibh, agus air aithneachadh leo leis an tarruing mhòr éiſg:* 12 *'Ta è gabhail a dhìnneir maille riu;* 15 *A'toirt ſparradh teann do Pheadar uain agus a chaoraich a bhiadhadh;* 19 *A' roimh-innſeadh a bhàis,* 22 *'g a chronachadh air ſon a thograidh air fios ſhaotain mu bhàs Eoin.* 25 *Co'-dhùnadh an leabhair.*

ANN diaigh nan nithe ſin dh'fhoillſich Ioſa è fein a-rìs d'a dheiſciobluibh aig fairge Thiberias; agus air an dòigh ſo nochd ſè *è fein;*

2 Bha

* lorg

2 Bha maille re chéile Simon Peadar, agus Tomas d'an goir'ear Didimus, agus Natanael o Chana na Galilee, agus *mic* Shebedee, agus dias eile d'a dheiſciobluibh.

3 A deir Simon Peadar riu, Ata mi dol a dh' iaſgach: Deir iadſan ris, Ata ſinne fòs a' dol maille riut. Dh' imich iad amach, agus chuaidh iad a ſteach do luing air ball; agus cha do ghlac iad ni air bith an oidhche ſin.

4 Ach 'n uair a bha a' mhaidin a nois' air teachd, ſheas Iofa air * an tràigh: gidheadh cha raibh fhios aig na deiſciobluibh gur b'è Iofa bha ann.

5 Ann ſin a deir Iofa riu, A chlann, am bheil biadh air bith agaibh? Fhreagair iadſan è, Cha 'n 'eil.

6 Agus a dubhairt eiſean riu, Tilgibh an lion air an taoibh dheis do'n luing, agus gheibh ſibh. Uime ſin thilg iad, agus a noiſe cha b'urradh iad a tharruing air ſon † lionmhoireachd an éiſg.

7 Uime ſin a deir an deiſciobul ſin, a b'ionmhuinn le Iofa, re Peadar, 'S è 'n Tighearna 'ta ann. 'Noiſe 'n uair a chuala Simon Peadar gur è 'n Tighearna bh' ann, cheangail è a chòt'-uachdair *uime*, (oir bha è lomnochd) agus thilg ſè è fein ſan fhairge.

8 Thainig na deiſciobuil eile ann luing bhig (oir cha raibh iad fada o thìr, ach mu thimchioll dà cheud ‡ bann-lamh) a' tarruing an lìn éiſg.

9 Uime ſin 'n uair a thainig iad air tìr, chunnaic iad grìoſach ann ſin, agus iaſg uirre, agus aran.

10 Deir Iofa riu, Thugaibh ann ſo do'n iaſg a ghlac ſibh a noiſe.

11 Chuaidh Simon Peadar ſuas, agus tharruing è 'n lion gu tìr, lan do iaſgaibh mòra, ceud agus leth-cheud agus tri: agus ge do bha 'n uiread ſin ann, cha do bhriſeadh an lion.

12 Deir Iofa riu, Thigibh, gabhaibh bhur dìnneir. Agus cha raibh chroidh' aig a h aon do na deiſciobluibh fheòraich dheth, Co thuſa? oir dh' aithnich iad gur è 'n Tighearna bha ann.

13 Ann ſin thainig Iofa, agus ghlac è aran, agus thug è dhoibh è, agus iaſg mar an ceudna.

14 'S i ſo a nois' an treas uair a nochd Iofa è fein d'a dheiſciobluibh, taireis da eirigh o na marbhaibh.

15 Ann ſin taireis doibh an dìnneir a ghabhail, a deir Iofa re Simon Peadar, A Shimoin *mhic* Ionais, am bheil agad dhamh-ſa barrachd grâidh orra ſin? A deir sè ris, Ata, a Thighearna; ata fios agad gur toigh leam thu. A deir eiſean ris, Beathaich m' uain.

16 A deir sè ris a-rìs an dara uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat miſe? A deir sè ris, Seadh, a Thighearna; ata fios agad gur toigh leam thu. A deir sè ris, Beathaich mo chaoraich.

17 A deir sè ris an treas uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat miſe? Bha Peadar doilich, chionn gu'n dubhairt è ris an treas uair, An toigh leat miſe? Agus a dubhairt sè ris, A Thighearna, is aithne dhuit na h uile nithe; ata fhios agad gur toigh leam thu. Deir Iofa ris, Beathaich mo chaoraich.

18 Gu deimhin deimhin a deirim riut, 'n uair a bha thu òg, chriofraich thu thu fein, agus dh' imich thu 'n taobh bu mhiann leat: ach 'n uair a bhios tu aoſmhor, sìnidh tu 'mach do làmhan, agus ceanglaidh neach eile thu, agus bheir è *thu* 'n taobh nach àill leat.

19 So a dubhairt sè, a' ciallachadh creud a' ghnè bàis leis an d' thu-

* a' chlodach. † iomadalachd. ‡ cubit.

d' thugadh è glòir do Dhia. Agus air dha so a radh, a deir sè ris, Lean mise.

20 Ann sin air do Pheadar tionndadh, chunnairc è an deisciobul a b' ionmhuinn le Iosa, a' leantuin; an ti fòs a luidh air uchd Iosa air a shuipeir, agus a dubhairt ris, A Thighearna, co è a bhrathas thu?

21 Air do Pheadar eisean fhaicsin, a dubhairt è re h Iosa, A Thighearna, ciod a *ni* 'm fear so?

22 Deir Iosa ris, Ma 's àill leam è dh' fhantuin gus an d' thig mi, ciod *sin* duitse? Lean-sa mise.

23 Uime sin chuaidh an ràdh so amach am measg nam bràithre, nach fuigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Iosa ris, Cha 'n fhuigh sè bàs: ach, Ma 's i mo thoilse è dh' fhantuin gus an d' thig mi, ciod è *sin* duitse?

24 'S è so an deisciobul ata deanamh fia'nais air na nithibh so, agus a sgriobh na nithe so: agus ata fhios againne gu bheil fhia'nais fior.

25 Agus ata fòs mòran do nithibh eile a rinn Iosa, nam biodh iad uile sgriobhta, 's i mo bhar'ail nach cumadh an saoghal fein na rachadh a sgriobhadh do leabhruibh. Amen.

GNIOMHARTHA nan Abstol.

CAIB. I.

1 *Ata Crioſd, ionnas gu'n deanadh è Abſtoil ullamhachadh chum è fein fhaicſin a' dol ſuas gu neamh,* 2 *'g an cruinneachadh gu ſliabh nan Oluidh', toirt àithne dhoibh feitheamh aig Ieruſalem re teachd à nuas an Spioraid naoimh, neach ata sè gealltuin a chur d'an ionnſuidh 'n ceann beagain do laithibh: agus ag innſeadh gu 'm biodh iad trìd-ſin 'nam fia'naiſibh dha fein gu iomallaibh na talmhain.* 9 *Ann diaigh a dhol ſuas ata dà Aingeal a' toirt rabhaidh dhoibh iad a dh' imeachd rompa, agus a ſhocrachadh an inntin air atheitheachd-ſan:* 12 *d'a reir ſin ata ſiad a' pilleadh, agus 'g an toirt fein ſuas a dh' ùrnuigh, ata ſiad a' taghadh Mhattiais 'na Abſtol ann àite Iudais.*

DO rinn mi an ceud leabhar, a Theophilus, timchioll nan uile nithe a thionnſgain Iosa a dheanamh agus a theagaig,

2 Gus an là an do thogadh suas è, taireis da, trìd an Spioraid naoimh, àitheanta a thabhairt do na h abstolaibh a thagh è.

3 D' an d' rinn sè mar an ceudna è fein a nochdadh beo taireis fhulangais, le mòran do chomharthaibh fìrinneacha, air fhaicsin leo feadh dhà fhichead laethe, agus è labhairt mu na nithibh sin a bhuineadh do rioghachd Dhe:

4 Agus air bhi dha maille riu, dh' àithn è dhoibh gun iad a dhol o Hieruſalem, ach feitheamh re gealladh an Athar, *deir sè*, a chuala sibh uamsa.

5 Oir bhaist Eoin gu deimhin le h uisge; ach baistear sibhse leis an Spiorad naomh, air bheag do laithibh ann diaigh so.

6 Uime sin air cruinneachadh dhoibh ann ceann a chéile, dh'fheòraich iad deth, ag radh, A Thighearna, an aisig thu san àm so an rioghachd do Israel?

7 Ach a dubhairt sè riu, Cha

bhuig

bhuin è dhuibhſe fios nan aimſire no nan * ſeuſona fhaghail, a chuir an t Athair 'n a chumhachd fein.

8 Ach gheibh ſibhſe cumhachd 'n uair a thig an Spiorad naomh oirbh: agus bithidh ſibh 'nar fia'naiſibh dhamh-ſa, araon ann Ierusalem, agus ann Iudea uile, agus ann Samaria, agus gu leith-iomall na talmhain.

9 Agus 'n uair a dubhairt è na nithe ſo, thogadh ſuas è, agus iadſan 'g a fhaicſin, agus thug nèul as an ſealladh è.

10 Agus am feadh bha iadſan a' geur-amharc gu neamh, agus eiſean a' dol ſuas, fèurch, ſheas dias dhaoine ann eadach geal làimh riu;

11 Muintir a dubhairt fòs, Fhearа na Galilee, c'ar ſon ata ſibh 'n ar ſeaſamh ag amharc gu neamh? An t Iosa ſo a thogadh ſuas uaibh gu neamh, is- amhuil ſin a thig sè, mar a chunnairc ſibh è a' dol gu neamh.

12 Ann ſin phill iad gu Hieruſalem, o'n t ſliabh d'an goir'ear *ſliabh* nan Oluidh', a 'ta 'm fogus do Hieruſalem, aſtar là sàbaid'.

13 Agus 'n uair a thainig iad a ſtigh, chuaidh iad ſuas do ſheomar uachdrach, far an raibh a' fantuin Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus Aindreas, Philip, agus Tomas, Bartolomeus, agus Matha, Seumas *mac* Alpheus, agus Simon Selotes, agus Iudas *bràthair* Sheumais.

14 Bhuanaich iad ſo uile a dh'aon inntin ann ùrnuigh agus ann guidhe, maille ris na mnaibh, agus Muire màthair Iosa, agus maille r'a bhràithribh.

15 Agus ann ſna laithibh ſin dh' eirich Peadar ann am meadhon nan deiſciobul, agus a dubhairt sè, (b'è àireamh nan ainmeanna bha làthair, mu thimchioll ceud agus ſichead)

16 Fheara *agus* a bhràithre, b'eigin an ſgriobtuir ſo bhi air a choi'-lionadh, a roimh-labhair an Spiorad naomh le beul Dhaibhidh timchioll Iudais, a bha 'n a † cheann-iuil aca-ſan a ghlac Iosa.

17 Oir bha è air àireamh maille ruinne, agus fhuair è cuibhrionn do 'n mhiniſtreileachd ſo.

18 'Noiſe cheannaich am fear ſo fearann le duais na h ea-corach; agus air dha tuiteam ann ‡ co-mhair a chinn, ſgàin è ſa mheadhon, agus bhrùchd a mhionach uile amach.

19 Agus rinneadh ſo aithnichte do luchd-àiteachadh Ierusaleim uile; ionnas gu'n goir'ear do 'n fhearann ſin 'n an cainnt ſein, Aceldama, ſin re radh, Fearann na ſola.

20 Oir ata è ſgriobht' ann an leabhar nan ſalm, Biodh àite-comhnuidh 'n a fhàſach, agus na gabhadh neach ſam bith tàmh ann: agus, Glacadh neach eile a || dhreachd.

21 Air an àdhbhar ſin is còir a h aon do na daoinibh ſin a bha maille ruinne, rè na h aimſir' *ſin* uile ann deachaidh Iosa ar Tighearna a ſteach agus amach 'n ar meaſg-ne,

22 A'g § tionnſgnadh o bhaiſteadh Eoin, gus an là an do thogadh ſuas uainn è, bhi air a dheanamh 'n a fhia'nais air eiſeirigh-ſin maille ruinne.

23 Agus dh' òrduich iad dias, Ioſeph d'an goir'ear Barſabas, d'am bu cho'-ainm Iuſtus, agus Mattias.

24 Agus air deanamh ùrnuigh dhoibh, a dubhairt ſiad, Thuſa a Thighearna, d'an aithne croidheacha nan uile dhaoine, foillſich co do'n dias ſo a thagh thu,

25 A ghabhail cuibhrinn do'n mhiniſtreileachd agus do'n abſtolachd ſo, o 'n do thuit Iudas le ſeachran

* amanna. † thròirichear. ‡ coinneamh. || oifig. § tòiſeach'.

feachran, chum gu'n rachadh fè gu àite fein.

26 Agus thilg iad an croinn; agus thuit an crann air Mattias, agus bha fè air àireamh maille ris an aon-abstol-deug.

CAIB. II.

1 *Ata na h abstoil air an lionadh leis an Spiorad naomh, agus a' labhairt iomadh gnè cainnte, 'ta cuid a' gabhail iongantais riu, agus cuid eile a' fanoid orra:*
14 *'Ta Peadar, chum a' bhreug a dheanamh d' am bar'ail-fin, a' nochdadh gu'n do labhair na h abstoil le cumhachd an Spioraid naoimh, gu'n d'eirich Criosd o na marbhaibh, gu'n deachaidh è suas air neamh, agus gu'n do dhòirt è 'nuas an Spiorad naomh, gur b'eisean am Messias, a dhearbhadh le Dia le mhiorbhuilibh, agus a ghniomharthaibh iongantach', agus gu'n do cheusadh è thaobh comhairle agus roimh-eòlais an De fin fein:* 37, &c. *Ata sè a' baisteadh cuideachd mhòr a dh' iompoicheadh, muintir a chaith am beatha 'n a dheigh fin gu càirdeil agus gu diadhaidh am fochair a chéile: ata na h abstoil a' deanamh mòrain mhiorbhuile, agus Dia gach là a' mèudachadh eaglais fein.*

AGUS 'n uair a bha là na cuingis gu h iomlan air teachd, bha iad gu léir a dh'aon inntin ann aon àite.

2 Agus thainig gu h obann toirm o neamh, mar théideadh gaoithe ro-thréin, agus lion i an tigh uile far an raibh iad 'n an suidhe.

3 Agus dh' foillsicheadh dhoibh teangaidh sgoilte, mar do theine, agus shuidh è air gach aon aca fa leth:

4 Agus lionadh iad uile leis an Spiorad naomh, agus thòisaich iad air labhairt le teangaibh eile, a reir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh.

5 Agus bha a' gabhail comhnuidh ann Ierusalem, Iudhaich, daoine cràbhach, do gach uile chinneach suidh neamh.

6 'Noise 'n uair a sgaoileadh an sgeul' so, thainig an sluagh ann ceann a chéile, agus bha iad suidh amhluadh, do bhri' gu'n cuala gach aon iad a' labhairt 'n an * cànmhuin fein.

7 Agus bha iad uile suidh ua'bhas agus ghabh iad iongantas, ag radh r'a chéile, Feuch, nach Galileanaich iad sin uile a 'ta labhairt?

8 Agus cionnas ata sinne 'g an cluinntin gach aon ann ar cànmhuin fein, ann s an d'rugadh sinn?

9 Partich, agus Medich, agus Elamitich, agus luchd-àiteachadh Mhesopotamia, Iudea, agus Chappadocia, Phontuis, agus Asia,

10 Phrigia, agus Phamphilia, na h Eipht, agus chriocha na Libia timchioll Chirene, agus coigrich o'n Roimh, Iudhaich agus † Proselitich,

11 Muintir Chrete, agus Arabia, ata sinn 'g an cluinntin a' labhairt 'n ar teangaibh fein gniomhartha mòrdhalacha Dhe.

12 Agus bha iad uile suidh ua'bhas, agus ann an amharus, ag radh gach aon r'a chéile, Ciod is ciall do so?

13 Ach a dubhairt droing eil' a' fanoid, Ata na daoine sin làn do fhion ‡ nuadh.

14 Ach air seasamh do Pheadar maille ris an aon-fhear-deug, thog è a ghuth, agus a dubhairt sè riu, Fheara Iudea, agus sibhse uile a luchd-àiteachadh Ierusaleim, biodh fios so agaibh, agus eisdibh re m' bhriathraibhse:

15 Oir cha 'n 'eil iad so air mheisg,

* cainnt. † i. e. Geintilich a dh' iompoicheadh gu creidimh nan Iudhach. ‡ ùr.

mheisg, mar ata sibhs' a' meas, oir is i § an treas uair do'n là ata ann.

16 Ach is è so an ni a dubhradh leis an fhàidh Ioel,

17 Agus * tarlaidh ann sna laithibh deireannach, (arsa Dia) dòirtidh mise do m' spiorad air gach uile fheoil: agus ni bhur mic agus bhur ingheana fàidheadoireachd, agus chi bhur n òganaich taisbeanaidh, agus bruadraidh bhur sean daoine aislingidh:

18 Agus dòirtidh mise fòs air m' òglaochaibh, agus air mo bhanoglachaibh do m' spiorad ann sna laithibh sin, agus ni iad faidheadoireachd:

19 Agus nochdaidh mise iongantais ann sna neamhaibh shuas, agus comharthaidh air an talamh shios; fuil, agus teine, agus duibhneul deataich.

20 Iompoichear a' ghrian gu dorchadas, agus a' ghealach gu fuil, mun d' thig an là mòr agus † òirdheirc sin an Tighearna.

21 Agus tarlaidh, Ge b'è neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, gu'n sabhalar è.

22 Fheara Israeil, eisdibh ris na briathraibh so; Iosa o Nasaret, duine a dhearbhadh le Dia 'n ar measgsa, le cumhachdaibh agus le miorbhuilibh agus le comharthaibh, a rinn Dia leisean 'n ar meadhon-sa, mar ata fòs fhios agaibh fein:

23 An duine so, a thugadh thairis le comhairle chinntich agus roimheòlas De, ghlac sibhse, agus le lamhaibh aingidh cheus agus mharbh sibh è:

24 Neach a thog Dia suas, air dha pianta a' bhais fhuasgladh: do bhri' nach raibh è 'n comas gu 'n cumtadh eisean leis.

25 Oir a deir Daibhidh m'a thimchioll, Chunnairc mi an Tighearna romham do ghnà', oir ata sè aig mo dheas-làimh, chum nach gluaisteadh mi.

26 Air an àdhbhar so rinn mo chroidhe gàirdeachas, agus rinn mo theanga aoibhneas: tuilleadh fòs, gabhaidh m'fheoil comhnuidh fhoisneach ann ‡ dòchas.

27 Do bhri' nach fàg thu m' anam shios ann an isrionn, ni mò a dh' fhuiltgeas tu do d' naomh Aon sein gu faic sè truaill'eachd.

28 Dh' fhoillsich thu dhamh-sa sligheidh na beatha; lionuidh tu mi do shubhachas le d' ghnùis.

29 Fheara *agus* a bhràithre, leigibh leamsa labhairt gu dàna ribh mu 'n phriomh-athair Daibhidh, araon gu 'n d' fhuair è bàs, agus gu 'n d' adhlaiceadh è, agus ata uaigh maille ruinne gus an là 'n diu:

30 Air an àdhbhar sin air dha-san bhi 'na fhaidh, agus fiosrach gu 'n do mhionnaich Dia le mionna dha, gu 'n togadh è Criosd suas do thoradh a leasraidh, a reir na feòla, gu suidhe air a chaithir-rioghail-sin.

31 Air dha-san so a roimhfhaicsin, labhair sè mu ais-eirigh Chriosd, nach d' fhàgadh anam ann an isrionn, agus nach facadh fheoil truaill'eachd.

32 An t Iosa so thog Dia suas, air am bheil sinne uile 'n ar fia'naisibh.

33 Uime sin air dha bhi air àrdachadh le deas-làimh Dhe, agus gealladh an Spioraid naoimh fhaghail o 'n Athair, dhòirt è 'mach an ni so, 'ta sibhs'a noise faicsin agus a' cluinntin.

34 Oir cha deachaidh Daibhidh suas

§ i. e. an naothadh uair roimh mheadhon-là. * tacharaidh. † comharthaicht'. ‡ earbsa.

ſuas chum nan neamha: ach ‖ a deir sè fein, Dubhairt an Tighearna re m'Thighearna, Suidh air mo làimh dheis,

35 Gus an cuir mi do naimhde 'n an ſtòl fuidh d' chofaibh.

36 Uime ſin biodh fios gu cinnteach aig tigh Iſraeil uile, gu 'n d' rinn Dia 'n a Thighearna agus 'n a Chriofd an t Iofa ſo fein, a cheus ſibhſe.

37 'Noiſe 'n uair a chual' iad *ſo*, bha iad air am bioradh 'n an croidhe, agus a dubhairt iad re Peadar, agus ris a'chuid eile do na h abſtolaibh, Fheara *agus* a bhràithre, ciod a ni ſinn.

38 Ann ſin a dubhairt Peadar riu, Gabhaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baiſteadh gach aon agaibh ann an ainm Iofa Criofd, chum maitheanais peacàidh, agus gheibh ſibh tiodhlac' an Spioraid naoimh.

39 Oir ata 'n gealladh dhuibhſe, agus d'ar cloinn, agus do gach uile a 'ta fad' o làimh, eadhon a mhèud 's a ghairmeas an Tighearna ar Dia-ne.

40 Agus le mòran do bhriathraibh eile rinn è fiadhnuis agus * dh'earalaich sè *iad*, ag radh, Saoraibh ſibh fein o 'n ghinealach † olc ſo.

41 Ann ſin bhaiſteadh iadſan a ghabh r'a fhocal gu toileach: agus an là ſin fein chuireadh *riu* timchioll tri mìle añam.

42 Agus bhuanaich iad gu feaſmhach ann an teagaſg nan abſtol, agus ann an comh-chomunn, agus ann am briſeadh arain, agus ann an ùrnuighibh.

43 Agus thainig eagal air gach uile anam: agus rinneadh mòran do mhiorbhuilibh agus do chomharthaibh leis na h abſtolaibh.

44 Agus bha iadsan uile a chreid ann an aon àite, agus bha na h uile nithe ac' ann an co'-pàirt,

45 Agus reic iad an ſeilbh agus am maoin, agus roinn iad air gach uile iad, a reir mar a bha feum gach neach.

46 Agus ag buanachadh dhoibh gach là a dh'aon inntin ann ſan teampull, agus a' briſeadh arain o thigh gu tigh, chaith iad am biadh le gàirdeachas agus le ſiompluidheachd croidhe,

47 A' moladh Dhe, agus deadhghean aca o 'n phobull uile. Agus chuir an Tighearna gach là ris an eaglais an dream a ſhlànnichear.

CAIB. III.

1 *'Ta Peadar agus Eoin a' leigheas an duine bhacaich.* 12 *Ag innſeadh do 'n t ſluagh a bha air cruinneachadh nach do rinneadh am miorbhuil ſo le naomhachd nan Abſtol, ach le cumhachd diadhaidh Chriofd;* 13 *'g an cronachadh air ſon eiſean a chur gu bàs;* 19 *'g an earalachadh gu aithreachas, agus a' toirt miſnich dhoibh chum ſin a dheanamh, le gealladh maithea'nais peacaidh, agus ſlàinte ſhiorruidh.*

AGUS chuaidh Peadar agus Eoin le chéile ſuas do'n teampull, aig uair na h ùrnuigh, *eadhon* ‡ an naothadh *uair*.

2 Agus bha duine àraidh a bha 'n a chrioplach o bhroinn a mhàthar air a ghiulan, neach a chuireadh gach là aig dorus ſin an teampuill d'an goir'ear Sgiamhach, a dh'iarraidh dèirc' uatha-ſan a bha dol a ſteach do'n teampull.

3 Neach 'n uair a chunnairc è Peadar agus Eoin air tì dol a ſtigh do 'n teampull, dh' iarr è déirc.

4 Agus air do Pheadar ſealltuin gu geur air, maille re h Eoin, a dubhairt sè, Amhairc oirnne.

5 Agus thug eiſean aire dhoibh, ann

* chombarlaich ſé. † fhiar. ‡ i. e. an treas uair ann deigh mheadhon-là.

ann dòchas gu 'm fuigheadh è ni-
eigin uatha.

6 Ann ſin a dubhairt Peadar,
Airgiod no òr ni bheil agam; ach
an ni a 'ta agam, ſo bheiream dhuit:
Ann ainm Ioſa Crioſd o Naſaret,
eirich agus im'ich.

7 Agus air dha breith air a
làimh dheis, thog sè ſuas *è;* agus
air ball neartaicheadh aobroinne
agus troighe a chos.

8 Agus air dha-ſan leumadh
ſuas, ſheas è, agus dh' imich
è, agus chuaidh è ſteach maille riu
do'n teampull, ag im'eachd, agus
a' leumnaich, agus a' toirt cliu
do Dhia.

9 Agus chunnaic an ſluagh uile è
ag im'eachd, agus a' toirt cliu do
Dhia.

10 Agus dh' aithnich iad eiſean
gur b'è a bha 'na ſhuidhe aig geata
Sgiamhach an teampuill 'g iarraidh
déirce: agus lionadh iad le ion-
gantas agus le h ua'bhas air ſon an ni
ſin a thachair dha.

11 Agus ag cumail Pheadair a-
gus Eoin do 'n bhacach a chuaidh
leigheas, ruidh am pobull uile
d' an ionnſuidh ann ſa * phòrſa
d' an goir'ear pòrſa Sholaimh, làn
iongantais.

12 Agus air faicſin *ſo* do Phea-
dar, fhreagair è 'm pobull, Fheara
Iſraeil, c'ar ſon ata iongantas oirbh
mu 'n ni ſo? no c'ar ſon ata ſibh
geur-amharc oirnne, mar gu b' ann
le 'r cumhachd no ar naomhachd
ſein a thug ſinn air an duine ſo
im'eachd?

13 Ghlòraich Dia Abraham,
agus Iſaac, agus Iacob, Dia ar
n aithreacha a Mhac Ioſa; neach
a thug ſibhſe thairis, agus a dh'àich-
ſheun ſibh ann làthair Philait, 'n uair
a b'i a bhreith *a* chur ſa ſgaoil.

14 Ach dh'àichſheun ſibhſe an
t Aon naomha, agus am Firean,
agus dh' iarr ſibh mort-fhear a
† thiodhlacadh dhuibh,

15 Agus mharbh ſibh Prionn-
ſadh na beatha, neach a thog Dia
o na marbhaibh; air am bheil ſinne
'n ar fia'naiſibh.

16 Agus tre chreidimh 'na
ainm neartaich ainms' an ti ſo, a 'ta
ſibhs' a' faicſin, agus ag aithnea-
chadh: Seadh, thug an creidimh
a 'ta trìd-ſin, dha-ſan an t ſlainte
iomlan ſo 'n ar làthair-ſe uile.

17 Agus anois', a bhràithre,
'ta fhios agam gur ann tre ain-
eolas a rinn ſibh *è*, mar *a rinn* fòs
bhur n uachdarain.

18 Ach choi'-lion Dia air an dòigh
ſo na nithe ſin a roimh-fhoillſich
sè le beul fhàidhean uile, gu 'm
fulaingeadh Crioſd.

19 Air an àdhbhar ſin gabhaibh-
ſe aithreachas agus bithibh air bhur
n iompochadh, chum's gu'm bi bhur
peacaidh air an glanadh as, 'n uair
a thig amanna an fhuaraich o là-
thair an Tighearna,

20 Agus cuiridh eiſean Ioſa Crioſd
d'ar ionnſuidh, a chuaidh roimhe
ſo a ſhearmonachadh dhuibh:

21 Neach is eigin do neamh
a ghabhail, gu aimſiribh aiſig nan
uile nithe, air an do labhair Dia
le beul fhàidhean naomha uile, o
thoiſeach an t ſaoghail.

22 Oir gu fìrinneach a dubhairt
Maois ris na h aithreachaibh, To-
gaidh an Tighearna bhur Dia ſuas
fàidh dhuibh, d'ar bràithribh, mar
miſe; ris-ſin eiſdidh ſibh ann ſna
h uile nithibh a labhras ê ribh.

23 Agus ‡ tarlaidh, na h uile
anam nach eiſd ris an fhàidh ſin,
gu'n d' theid a ſgrios amach as a'
phobull.

24 Seadh fòs, dh' fhoillſich na
fàidhean uile o Shamuel, agus iad-
ſan a lean o ſin, a mhèud dhubh

† Bb 's a

* àileir.

† ghibhteadh. ‡ tacharaidh.

's a labhair, roimh-làimh mu na laithibh so.

25 Is fibhse clann nam faidhean, agus a' chùmhnaint a rinn Dia r'ar n aithreachaibh, ag radh re Abraham, Agus ann do fhiol-sa bithidh uile theaghlaiche na talmhain air am beannachadh.

26 Air do Dhia a Mhac Iosa thogbhail suas, chuir se d'ar n ionnsuidhs' è air tùs, chum as gu'm beannuicheadh è sibh, leis gach aon agaibh iompochadh o bhur lochdaibh.

CAIB. IV.

1 *'Ta uachdarain nan Iudhach ag cur Pheadair agus Eoin am prìosun, air son iad a bhi fearmonachadh Iosa do'n t sluagh:* 5 *taireis an ceasnachadh tha Peadar ag aid'eachadh gu'n do leighiseadh an crioplach le cumhachd diadhaidh Iosa amhùin, agus gur ann trìd-sin 'n a aonar ata slàinte shiorruidh r'a faghail.* 13 *Ata iad a' toirt sparradh teann le bagra' dha fein, agus do Eoin gun iad a shearmonachadh ni 's mò ann san ainm sin.* 23 *'Ta 'n eaglais a' teicheadh chum Dhe le h ùrnuigh:* 31 *agus ata Dia a' toirt dearbhaidh gu'n cual' è 'n ùrnuigh, agus a' daingneachadh na h eaglais le tiodhlacadh an Spioraid naoimh, agus gràdh dha chéile.*

AGUS am feadh 's a bha iad a' labhairt ris an t sluagh, thainig orra na sagairt agus caiptin an teampuill, agus na Saddusaich,

2 Agus bha iad fuidh dhoilgheas gu'n raibh iadsan a' teagasg an t sluaigh, agus a' searmonachadh tre Iosa ais-eirigh nam marbh.

3 Agus chuir iad làmh annta, agus chuir iad am prìosun iad gus an là màrach: oir b'è 'noise am feasgar a bh' ann.

4 Gidheadh, chreid mòran diubhs' a chual' am focal; agus b'è àireamh nan daoine timchioll chuig mìle.

5 Agus tharladh air an là màrach, gur chruinnicheadh ann ceann a chéile an uachdarain, agus an seanoiridh, agus an sgriobhuichean, ann Ierusalem,

6 Agus Annas an t àrd-shagart, agus Caiaphas, agus Eoin, agus * Alastair, agus a mhèud 's a bha do chinneach an àrd-shagairt.

7 Agus air dhoibh iadsan a chur ann sa mheadhon, dh' fhiosraich iad, Creud è an cumhachd, no ciod è an t ainm ann san d' rinn sibh so?

8 Ann sin air do Pheadar bhi air a lionadh leis an Spiorad naomh, a dubhairt se riu, Uachdarana a' phobuill, agus a sheanoiridh Israeil,

9 Ma 'ta sinne an diu air ar ceasnachadh mu'n deadh ghniomh a rinneadh do'n duine ea-slan, cionnas a shlànuicheadh è;

10 Biodh è aithnichte dhuibhse uile, agus do phobull Israeil uile, gur ann tre ainm Iosa Criosd o Nasaret, a cheus sibhse, a thog Dia o na marbhaibh, eadhon trìd-sin ata 'n duine so 'n a sheasamh ann so 'n ar làthairse slàn.

11 'S i so a' chloch sin a dhiùltadh libhs' a luchd tog'ail, a rinneadh 'n a ceann na h oisinn.

12 Agus cha'n 'eil slàint' ann neach air bith eile: oir ni bheil ainm air bith eile fuidh neamh air a thoirt am measg dhaoine, tre 'm feud sinn bhi air ar sàbhaladh.

13 'Noise 'n uair a chunnaic iad dànachd Pheadair agus Eoin, agus a thuig iad gu'm bu daoine gun fhòghlum agus cumanta iad, ghabh iad iongantas, agus † dh'aithnich fiad gu'n raibh iadsan maille re h Iosa.

14 Agus air faicsin an duine a lei-

* Alecsander.

* thug iad aire dhoibh.

leighiſeadh 'n a ſheaſamh maille riu, cha raibh ni air bith aca re radh 'n a aghaidh.

15 Agus taireis doibh òrduchadh dhoibhſin dol amach as a' chomhairle, chuir iad an * cinn r'a chéile,

16 Ag radh, Creud a ni ſinn ris na daoinibh ſo? Oir gu'n deachaidh miorbhuil † aithnicht' a dheanamh leo, ata è follaſach do luchd-àiteachadh Ieruſaleim uile, agus cha'n urradh ſinne àichſheunadh.

17 Ach a thum nach ſgaoilear è ni 's mò air feadh an t ſluaigh, bagramaid iad gu geur, gun iad a labhairt ni 's mò re neach air bith ann ſan ainm ſo.

18 Agus air dhoibh an gairm, dh' àithn iad dhoibh gun iad a labhairt air chor ſam bith, no a theagaſg ann ainm Ioſa.

19 Ach fhreagair Peadar agus Eoin agus a dubhairt ſiad riu, 'M bheil è ceart ann am fia'nais De, eiſdeachd ribhſe roimh Dhia, thugaibh fein breith.

20 Oir cha'n 'eil è 'n comas duinne gun na nithe a chunnaic agus a chuala ſinn a labhairt.

21 Ach air dhoibhſin tuilleadh bagraidh a dheanamh orra, leig iad as iad, gun dòigh air bith fhaghail air am feudadh iad peanas a dheanamh orra, air ſon a' phobuill: oir bha gach uile a' toirt glòir' do Dhia air ſon an ni a rinneadh.

22 Oir bha an duine air an d'rinneadh am miorbhuil leigheis ſo tuilleadh agus dà fhichead bliadhna dh'aois.

23 Agus an uair a leigeadh as iad, thainig iad dh'ionnſuidh am muintir fein, agus dh'innis iad na h uile nithe a dubhairt na h àrd-ſhagairt, agus na ſeanoiridh riu.

24 Agus 'n uair a chual' iadſan ſo, thog iad ſuas a dh'aon inntin an guth re Dia, agus a dubhairt ſiad, A Thighearna, 's tuſa an Dia a rinn neamh agus talamh, agus an fhairge, agus na h uile *nithe* 'ta annta:

25 Neach a' dubhairt le beul Dhaibhidh do ſhearbhant', C'ar ſon a ghabh na geintilich boil, agus a ſmuainich am pobull nithe diomhanach?

26 Sheas righridh na talmhain ſuas agus chruinnicheadh na h uachdarain ann ceann a chéile 'n aghaidh an Tighearna, agus ann aghaidh a Chrioſd-ſan.

27 Oir gu fìrinneach do chruinnicheadh ann ceann a chéile 'n aghaidh do Leinibh naoimh Ioſa, a dh'ung thu, araon Ioraith agus Pontius Pilat, maille ris na cinneachaibh, agus pobull Iſraeil,

28 A dheanamh gach ni a roimh-òrduich do làmh agus do chomhairle a bhi deanta.

29 Agus a nois', a Thighearna, amhairc air am bagraibh: agus deònaich do d' ſheirbhiſeachaibh fein, t fhocal a labhairt leis gach uile dhànachd,

30 Le d' làimh a ſhìneadh amach chum leighis: agus gu'm bi comharthaidh agus miorbhuile air an deanamh tre ainm do Leinibh naoimh Ioſa.

31 Agus air dhoibh ùrnuigh a dheanamh, chrathadh an t àit' ann san raibh iad cruinn; agus lionadh iad uile do'n Spiorad naomh, agus labhair iad focal De le dànachd.

32 Agus bha aig a' chuideachd a chreid àon chroidhe, agus aon anam: agus ni mò dubhairt neach air bith *aca*, gur bu leis fein aon ni a ſhealbhaich è, ach bha na h uile nithe ac' ann an co'-pairt.

33 Agus

* comhairle. † foilleir.

33 Agus le mòr-chumhachd thug na h abstoil fia'nais air aiseirigh an Tighearna Iosa: agus bha mòr ghràs orr' uile.

34 Agus ni mò a bha aon neach uireasbhuidheach 'n am measg: oir mheud 's a bha 'nan sealbhadoiribh fearainn, no thighean, air dhoibh an reic', thug iad luach na' nithe a chuaidh reic' leo,

35 Agus chuir iad aig cosaibh nan abstol è: agus roinneadh è air gach neach a reir fheum.

36 Agus air bhi do fhearann aig Iosef, d'an ghoireadh leis na h abstolaibh Barnabas (is è sin, air eidirtheangachadh, Mac na comh-fhurtachd) Lebhiteach, d'am bu dùthaich Ciprus,

37 Reic sè è, agus thug è 'n t airgiod, agus chuir sè aig cosaibh nan abstol è.

CAIB. V.

1 *Ata Ananias agus Sapphira air son an ceilg a' tuiteam fios marbh le cronachadh Pheadair.* 12 *Mòran mhiorbhuile air an oibreachadh leis na h abstolaibh, agus àireamh nan creidmheach a' meudachadh;* 17 *Chuireadh na h abstoil a-ris am prìosun,* 19 *ach ata iad 'air an leigeadh as le aingeal, a thug òrdugh dhoibh searmonachadh gu follasach:* 21 *'n uair a tha iad, taireis searmonachadh san teampull,* 29 *agus ann làthair na comhairle,* 33 *ann cuntart bhi air an cur gu bàs, ghleidheadh beo iad le comhairle Ghamaliel:* 40 *'Ta iad air am bualadh, agus air a shon sin a' toirt gloir' do Dhia, agus a' searmonachadh gach aon là.*

ACH reic duine àraidh d'am b' ainm Ananias, maille r'a mhnaoi Sapphira, sealbh fhearainn,

2 Agus cheilich sè *cuid* do'n luach, le fios a mhnà, agus air dha cuid eigin a thoirt leis, chuir sè aig cosaibh nan abstol è.

3 Ach a dubhairt Peadar, Ananias, c'ar son a lion Satan do chroidhe a dheanamh bréig' do'n Spiorad naomh, agus a cheileachadh *cuid* do luach an fhearainn?

4 Am feadh 's a dh' fhuirich è *gun reic'*, nach bu leat fein è? agus taireis a reic', nach raibh è a' d' chomas fein? c'ar son a smuainich thu ann do chroidhe an gniomh so? cha d' rinn thu breug do dhaoinibh, ach do Dhia.

5 Agus 'n uair a chuala Ananias na briathra so, thuit è sios, agus chuaidh 'n deo as: agus thainig eagal mòr air gach uile a chuala na nithe so.

6 Agus air eirigh do na h òganachaibh, phaisg iad ann eadachmairbh è, agus air dhoibh a ghiùlan amach, dh' adhlaic iad è.

7 Agus tharladh timchioll tri uaire 'n a dhiaigh sin, gu'n d' thainig a' bhean a steach, gun fhios aice air an ni a rinneadh.

8 Agus fhreagair Peadar i, Innis dhamh-sa an ann air an uiread so reic sibh am fearann? Agus a dubhairt ise, Is ann, air son an uiread sin.

9 Ann sin a dubhairt Peadar ria, C'ar son a chomh-aontaich sibh, cathach' a chur air Spiorad an Tighearna? feuch, *ata* cosa na muintir a dh' adhlaic t fhear aig an dorus, agus giùlainidh iad thusa 'mach.

10 Ann sin thuit si air ball aig a chosaibh, agus chuaidh 'n deo aisde: agus air do na h òganachaibh teachd a stigh, fhuair iad i marbh, agus air a giùlan amach dhoibh, dh' adhlaic iad laimh r'a fear i.

11 Agus thainig eagal mòr air an eaglais uile, agus air na h uile a chuala na nithe so.

12 Agus

12 Agus rinneadh mòran chomhartha agus mhiorbhuile ann am measg a' phobuill le làmhaibh nan abstol; (agus bha iad uil' a dh' aon inntin ann an * àilear Sholaimh.

13 Agus cha raibh chroidh' àig a h aon do chàch è fein a cheangal riu: ach bha mòr-mheas aig a' phobull orra.

14 Agus is mòid a chuireadh creidmhich ris an Tighearna, † buidheann mhòr araon do dhaoinibh agus do mhnaibh.)

15 Ionnas gu 'n d' thug iad amach a' mhuintir ea-slan air 'na sràidibh, agus gu 'n do chuir iad air leabaichibh agus air ‡ uirighibh *iad*, chum ag teachd do Pheadar gu 'n cuireadh fhaileas, mar bu lugha, sgàil' air neach eigin aca.

16 Agus thainig fòs mòr-shluagh as na bailtibh m'an cuairt air Hierusalem, a' toirt leo muintir ea-slan, agus dream a bha air am buaireadh le spioradaibh neo-ghlan: agus leighiseadh iad uile

17 Ann sin dh' eirich an t àrd-shagart, agus iadsan uil' a bha maille ris, (eadhon luchd comh-bhar'ail nan Sadducach) agus lionadh iad le h § èud,

18 Agus chuir iad làmh ann sna h abstolaibh, agus chuir siad sa phrìosun chumanta iad.

19 Ach dh' fhosgail aingeal an Tighearna dorsa a' phrìosuin san oidhche, agus thug sè iadsan amach, agus a dubhairt sè,

20 Im'ichibh, agus ag seasamh dhuibh labhraibh san teampull ris an t sluagh, uile bhriathra na beatha so.

21 Agus 'n uair a chual' iad *so*, chuaidh iad gu moch a steach do 'n teampull, agus theagaisg iad. Ach thainig an t àrd-shagart agus iadsan a bha maille ris, agus ghairm iad a' chomhairle, agus seanadh chloinn Israeil uile ann ceann a chéile, agus chuir iad do 'n phrìosun chum gu 'n d' thugtadh iadsa *d' an ionnsuidh*.

22 Ach 'n uair a thainig na maoir, cha d' fhuair iad sa phrìosun iad, agus air pilleadh dhoibh, dh' innis iad,

23 Ag radh, Fhuair sinne gu firinneach am prìosun dùinte gu ro-chinnteach, agus an luchd-coimhead 'n an seasamh amach fa chomhair nan dorsa: ach 'n uair a dh'fhosgail sinn, cha d' fhuair sinn aon duine a stigh.

24 'Noise 'n uair a chual' an t àrd-shagart, agus caiptin an teampuill, agus uachdarain nan sagart na briathra so, bha iad fuidh amharus m'an timchioll ciod gus an d' thigeadh *a' chùis* so.

25 Ann sin thainig neach *àraidh* agus dh' innis è dhoibh, ag radh, Feuch, ata na daoin' a chuir sibh sa phrìosun, 'n an seasamh san teampull, agus a' teagasg a' phobuill.

26 Ann sin dh' imich an caiptin maille ris na maoraibh, agus thug è leis iad gun ain-neart: (oir bha eagal orra roimh an t sluagh, gu'n gabhadh iad do chlochaibh orra)

27 Agus 'n uair a thug iad leo iad, chuir iad ann am fia'nais na comhairle *iad:* agus dh' fheòraich an t àrd-shagart diubh,

28 Ag radh, Nach d'thug sinne geur-òrdugh dhuibh, gun teagasg a dheanamh san ainm so? agus feuch, lion sibh Ierusalem le 'r teagasg, agus is àill libh fuil an duine so a ‖ tharruing oirnne.

29 Ann sin fhreagair Peadar agus na h abstoil *cile*, agus a dubhairt siad, Is còir †† Dia a fhreagairt roimh dhaoinibh.

30 Thog

* pòrsa. † sluagh mòr. ‡ *couches*. § tnùth. ‖ thoirt. †† gèill a thoirt do Dhia.

30 Thog Dia ar n aithreacha fuas losa, a mharbh sibhse agus a chroch sibh air crann.

31 Eisean dh' àrdaich Dia le a dheas-laimh 'na Phrionnsadh agus 'na Shlànui'-fhear, a thoirt aithreachais agus maitheanais peacaidh do Israel.

32 Agus tha sinne 'n ar fia'naisibh dha àir na nithibh so; agus mar an ceudna an Spiorad naomh, a thug Dia dhoibhsin a 'ta umhal dha.

33 Agus 'nuair a chual' iadsan *so*, bha iad air an gonadh, agus ghabh iad comhairl' an cur gu bàs.

34 Ann sin dh' eirich Phairiseach àraidh ann sa chomhairle, d' am b' ainm Gamaliel, fear-teagaisg an lagha, air an raibh meas aig a' phobull uile, agus dh' òrduich sè na h abstoil a chur amach rè tamuill,

35 Agus a dubhairt sè riu, Fhearā Israeil, thugaibh aire dhuibh fein, ciod ata romhaibh a dheanamh mu thimchioll nan daoine sin.

36 Oir roimh na laithibh so dh' eirich Teudas suas, ag radh gu 'm bu neach eigin mòr è fein, agus cheangail àireamh dhaoine, timchioll ceithir cheud, iad fein risean: mharbhadh eisean, agus a mhèud 's a dh' aontaich leis, sgaoileadh iad uile as a chéile, agus chuaidh iad gu neimh-ni.

37 'N diaigh an fhir so dh' eirich Iudas an Galileanach suas, ann an laithibh na cìs-mheasaidh, agus tharruing è mòran sluaigh 'na dhiaigh: sgriosadh eisean mar an ceudna, agus a mhèud 's a ghéill da, sgapadh iad uile.

38 Agus a nois' a deirim ribh, Fanaibh o na daoinibh so, agus leigibh leo: oir ma's ann o dhaoinibh ata a' chomhairle so, no 'n obair so, thig i gu neimh-bri':

39 Ach ma's ann o Dhia ata si, cha 'n urradh sibhs' a cur gu neimhbri'; 'n t eagal gu 'n tarladh gu 'm fuighear sibh eadhon a' cogadh 'n aghaidh Dhe.

40 Agus dh' aontaich iad leisean: agus 'n uair a ghairm iad na h abstoil, agus a ghabh iad orra, dh' òrduich iad dhoibh gun labhairt ann ainm Iosa, agus leig iad as iad.

41 Agus dh' imich iadsan o làthair na comhairle, le gàirdeachas do bhri' gur mheasadh gu 'm b'fhiu iad eas-onoir fhulang air son ainm-sin.

42 Agus gach là ann san teampull, agus o thigh gu tigh, cha do sguir iad a bhi teagasg, agus a' searmonachadh Iosa Criosd.

CAIB. VI.

1 *Air bhi do na h abstolaibh deidheil gu 'n rachadh congnamh a dheanamh ris na bochdaibh, agus curamach mu shearmonachadh an fhocail iad fein,* 3 *thagh iad seachdnar gu frithealadh do uireasbhuidh nam bochd:* 5 *B'aon diubh so Stephan, neach a bha lan do chreidimh, agus do 'n Spiorad naomh:* 12 *Ata eisean air a ghlacadh, agus air * eileachadh gu h ea-corach ann làthair na comhairle, leis an aitim a chuir è 'nan tosd le deasboireachd.*

AGUS ann sna laithibh sin, 'nuair a bha àireamh nan deisciobul a' mèudachadh, dh' eirich monmhor am measg nan Greugach ann aghaidh nan Eabhrach, do bhri' † gur dhearmaideadh am baintreabhaichean sa mhinistreileachd laitheil.

2 Ann sin ghairm an dà-fhear-dheug mòr-chuideachd nan deisciobul d' an ionnsuidh, agus a dubhairt iad, Cha 'n 'eil è iomchu'idh sinne dh' fhàgail focail De, agus

* agairt. † nach do ghabhadh cùram d' am bantrachaibh.

agus a fhrithealadh do bhòrdaibh.

3 Uime sin, a bhràithre, iarraibh amach 'n ar measg seachdnar dhaoine fuidh dheadh iomradh, làn do 'n Spiorad naomh agus do ghliocas, a chuireas sinne os cionn * an dreachd so.

4 Ach buanaichidh sinne a ghnà' ann an ùrnuigh, agus am ministreileachd an fhocail.

5 Agus bha chainnt *so* taitneach ann làthair na mòr-chuideachd uile: agus thagh iad Stephan, duine làn do chreidimh agus do 'n Spiorad naomh, agus Philip, agus Prochorus, agus Nicanor, agus Timon, agus Parmenas, agus Nicolas proseliteach do mhuintir Antioch.

6 Chuir siad iadsan ann làthair nan abstol: agus air deanamh ùrnuigh dhoibh, chuir iad an làmhan orra.

7 Agus dh' fhàs focal De; agus mhèudaicheadh àireamh nan deisciobul gu ro-mhòr ann Ierusalem; agus bha cuideachd mhòr do na sagartaibh umhal do'n chreidimh.

8 Agus rinn Stephan, làn do chreidimh agus do chumhachd, miorbhuile agus comharthaidh mòra am measg an t sluaigh.

9 Ann sin dh'eirich dream àraidh do'n t sionagog, d'an goir'ear *sionagog* nan Libertineach, agus nan Cirenianach, agus mhuintir Àlecsandria, agus na droinge o Chilicia, agus o'n Asia, a' deasboireachd re Stephan.

10 Agus cha b'urradh iad cur ann aghaidh a' ghliocais agus an spioraid leis an do labhair e.

11 Ann sin thug iad a steach os iosal daoine a dubhairt, Chuala sinne è labhairt bhriathra toibheumach ann aghaidh Mhaois, agus Dhe.

12 Agus bhrosduich iad am pobull, agus na seanoiridh, agus na sgriobhuichean, agus thainig iad air agus ghlac iad è, agus thug iad ann lathair na combairl' è,

13 Agus chuir iad suas sia'naisean bréige, a dubhairt, Cha 'n 'eil an duine so a' sgur do labhairt bhriathra ‡ toibheumach ann aghaidh 'n ionaid naomha so, agus an lagha.

14 Oir chuala sinn è ag radh, gu'n sgrios an t Iosa so o Nasaret an t àite so, agus gu'n caochaill è na h òrduighean a thug Maois dhuinne.

15 Agus air dhoibhsin uile a bha 'nan suidhe sa chomhairle amharc gu geur air, chunnairc iad aghaidh-se mar aghaidh aingeil.

* na h oibre so.

‡ maslach.

CAIB. VII.

1 *Air do Stephan comas fhaghail freagairt air a shon fein,* 2 *'ta è nochdadh gu'n d' rinn Abraham àdhradh do Dhia gu taitneach, agus gur thagh Dia na h aithreacha mun d' rugadh Maois, agus mun do thogadh an tabernacal no'n teampull:* 37 *gu'n d' thug Maois fein fia'nais mu Chriosd:* 44 *gu'n raibh na gnàthachaidh cràbhaidh o'n leth 'muigh, ge do chumadh iad a reir saimpleirean neamhaidh, air an òrduchadh gu maireachduin amhàin rè tamuill.* 51 *'G an cronachadh air son an ceannairc', agus morta Chriosd:* 54 *Air a so tha iad 'ga chlochadh gu bàs, tha eisean a' tiomnadh anama do Iosa, agus a' guidheadh Dhe air an son sa.*

ANN sin a dubhairt an t àrdshagart, Am bheil ma 'ta na nithe sin mar so?

2 Agus a dubhairt eisean, Fheara, *agus* a bhràithre, agus aithreacha, eisdibh, Dh' fhoillsicheadh Dia na glòire d'ar n athair Abraham, 'n uair a bha è ann am Mesopotamia, mun do ghabh è comhnuidh ann Charran,

3 Agus a dubhairt sè ris, Rach amach

amach a d' thìr fein, agus o d' chinneach, agus thig chum na tìre a nochdas mise dhuit.

4 Ann sin chuaidh eisean amach a talamh nan Caldeanach, agus ghabh è comhnuidh ann Charran: agus as sin, taireis bàis Athar, dh' atharraich sè è do 'n fhearann so ann s am bheil sibhse a noise 'n ar comhnuidh.

5 Agus cha d' thug è dha oighreachd *sam bith* ann, cha d' thug *fiu* lèud troighe: gidheadh gheall è gu 'n d' thugadh sè mar sheilbh è dha fein, agus d'a shliochd 'n a dhiaigh, ge nach raibh *fòs* duine cloinne aige.

6 Agus labhair Dia air an dòigh so, Gu 'm biodh a shliochd air chuairt ann dùthaich choigrich, agus gu 'n deanadh iad tràillean diubh, agus gu 'm buineadh iad gu h olc *riu* rè ceithir cheud bliadhna.

7 Agus air a' chinneach sin d' am bi iadsan fuidh dhaorsa, bheir mise breith, arsa Dia: agus taireis na' nithe sin thig iad amach, agus ni iad seirbhis dhamh-sa ann san àite so.

8 Agus thug sè dha * cunradh an timchioll-ghearraidh: agus mar sin do ghin *Abraham* Isaac, agus thimchioll-ghearr sè è air an ochdmhadh là: agus *ghin* Isaac Iacob, agus Iacob an dà phriomh-athair dheug.

9 Agus tre fharmad reic na priomh-aithreacha Ioseph do 'n Eipht: agh bha Dia maille ris,

10 Agus shaor sè è as a thriobloidibh uile, agus thug sè † fabhor agus gliocas da ann làthair Pharaoh righ na h Eipht; agus chuir sè è 'n a uachdaran air an Eipht, agus air a theaghlach sein uile.

11 'Noise thainig gorta agus àmhghar mòr air an Eipht uile, agus air talamh Chanaan; agus cha d' fhuair ar n aithreacha teachd-ann-tìr.

12 Ach 'n uair a chuala Iacob gu 'n raibh coirce san Eipht, chuir è 'mach ar n aithreacha air tùs.

13 Agus air 'an dara *uair* rinneadh Ioseph aithnichte d'a bhràithribh; agus rinneadh cinneach Ioseph follasach do Pharaoh.

14 Ann sin chuir Ioseph *uaithe*, agus ghairm è d'a ionnsuidh Iacob athair, agus a luchd-dàimhe, uile, cuig-anama-deug agus tri fichead.

15 Mar sin chuaidh Iacob sios do 'n Eipht, agus fhuair sè bàs, è fein agus ar n aithreacha,

16 Agus ‡ dh' atharraicheadh iad gu Sichem, agus chuireadh iad ann san uaigh a cheannaich Abraham air suim airgid o mhic Emmor *athar* Shichem.

17 Ach mar a dhruid àm a' gheallaidh. a mhionnaich Dia do Abraham, dh' fhàs an sluagh agus mhèudaicheadh iad *gu h iomadach* san Eipht,

18 Gus an d' eirich righ eile, do nach b' aithne Ioseph.

19 § Bhuin eisean gu h innleachdach r'ar cinneach, agus rinn è olc air ar n aithreachaibh, ionnas gu'n d' thug sè orra an naoidheana a thilgeadh amach, || chum nach biodh iad beo.

20 Ann san àm sin rugadh Maois, agus bha è ro-sgiamhach, agus dh' altrumadh è tri mìosa ann an tigh athar:

21 Agus 'n uair a thilgeadh amach è, thog inghean Pharaoh leatha è, agus ** dh' altrum si è mar mhac dh'i fein.

22 Agus dh' fhòghlumadh Maois ann an uile ghliocas nan Eiphiteach, agus bha è cumhachdach am briathraibh agus ann gniomharthaibh.

23 Agus 'n uair a bha è dà fhichead bliadhna iomlan a dh' aois, thainig è 'n a chroidhe a bhràithre clann Israeil fhiosrachadh.

24 Agus air dha duine àraidh *dhiubh* fhaicsin a' fulang ea-coir, theasairg sè è, agus air bualadh an Ei-

* cùmhant. † deadh-ghean.
‡ ghiùlaineadh thairis. § ghiùlain sè è fein.
|| chum nach fàsadh sliochd orra. ** dh' oil.

Eiphiteach dha, rinn è dioghaltas do'n fhear air an d' rinneadh an ea-coir :

25 Oir fhaoil è gu'n tuigeadh a bhràithre, gu 'n d' thugadh Dia le a làimhſe ſaorſa dhoibh ; ach cha do thuig iadſan.

26 Agus air an là màrach nochd sè è fein doibh agus iad a' comhſtribh, agus b'àill leis * sìth a dheanamh eatorra, ag radh, A dhaoine, 's bràithre ſibh fein, c'ar ſon ata ſibh a' deanamh ea-coir air a chéile ?

27 Ach chuir am fear a rinn an ea-coir air a choimhearſnach uaithe è, ag radh, Co a rinn thuſa a' d' uachdaran agus a' d' bhreitheamh oirnne ?

28 Am miann leat miſe a mharbhadh mar a *mharbh thu* an t Eipheiteach an dé ?

29 Ann ſin theich Maois air ſon an fhocail ſo, agus bha è 'n a choigreach ann dùthaich Mhadian, far an do ghin è dias mhac.

30 Agus 'n uair a choi'-lionadh dà fhichead bliadhna, dh' fhoillſicheadh dha ann am fâſach ſleibh Shina, aingeal àn Tighearna ann an laſair theine ann am preas.

31 Agus 'n uair a chunnaic Maois *ſo*, ghabh sè iongantas ris an t ſealladh : agus ag dha-ſan teachd am fogus gu beachdachadh *air*, thainig guth an Tighearna d'a ionnſuidh,

32 Is miſe Dia t athracha, Dia Abraham, agus Dia Iſaac, agus Dia Iacob. Ann ſin chriothnuich Maois, agus cha raibh chroidh' aige amhurc.

33 Ann ſin a dubhairt an Tighearna ris, Fuaſgail do bhròga o d' choſaibh : oir is talamh naomha an t àit' am bheil thu d' ſheaſamh.

34 Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo phobuill a 'ta ſan Eipht, agus chuala mi an oſnaidh, agus thainig mi 'nuas g' am fuaſgladh. Agus a noiſe thig, cuiridh mi do'n Eipht thu.

35 Am Maois ſo fein a dhiùlt iadſan, ag radh, Co rinn uachdaran agus breitheamh dhiotſa ? eiſean chuir Dia *gu bi* 'n a uachdaran agus 'n a fhear-ſaoraidh le làimh an aingeil a dh' fhoillſicheadh dha ſa phreas.

36 Thug eiſean amach iad taireis da miorbhuile agus comharthaidh a dheanamh ann an talamh na h Eipht, agus ann ſa mhuir ruaidh, agus ann ſan fhàſach rè dhà fhichead bliadhna.

37 'S è ſo am Maois ud a dubhairt re cloinn Iſraeil, Togaidh 'n Tighearna bhur Dia ſuas fàidh dhuibh d'ar bràithribh, coſmhuil riumſa ; riſean eiſdidh ſibh.

38 So eiſean a bha ſan eaglais ann ſan fhàſach, maille ris an aingeal a labhair ris ann an ſliabh Shina, agus maille r'ar n athreachaibh-ſe : neach a fhuair † briathra na beatha chum an tabhairt dhuinne.

39 Da nach b' àill le 'r n athreachaibh bhi umhal, ach chuir iad uatha è ; agus 'n an croidhe phill ſiad air an âis do 'n Eipht,

40 Ag radh rè Aaron, Dean dhuinne dée a theid romhainn : oir mu thimchioll a' Mhaois ſo, a thug ſinne amach a tìr na h Eipht, cha 'n 'eil fhios againn ciod a thachair dha.

41 Agus rinn ſiad laogh ſna laithibh ſin, agus thug iad ìobairt do'n iodhol, agus rinn iad gairdeachas ann an oibrìbh an lamha fein.

42 Ann ſin phill Dia, agus thug è thairis iad chum àdhradh a dheanamh do armailt nèimh', a reir mar ata è ſgriobht' ann an leabhar nam fàidhean, An d' thug ſibh dhamh-ſa beathaichean marbht', agus ìobairte rè dhà fhichead bliadhna ann ſan fhàſach, O a thigh Iſraeil ?

† C c 43 Seadh,

* an cur reidh.

† na beò-bhriathra.

43 Seadh, thog sibh suas pàillìun Mholoich, agus reult 'bhur de Remphain, * fioghaire a rinn sibh, chum àdhraidh dhoibh: uime sin a-tharraichidh mi sibh an taobh thall do Bhabiloh.

44 Bha pàillìun na fia'nais aig ar n aithreachaibh san fhàsach, a reir mar a dh' àithn an ti a labhair re Maois, gu'n deanadh sè è a reir an t saimpleir a chunnairc è.

45 An ni a thug sòs ar n aithreacha a bha 'nan deigh-se, a steach maille re h Iosa do shealbh nan cinneach, a thilg Dia amach roimh ghnùis ar n aithreacha, gu laithibh Dhaibhidh.

46 Neach a fhuair fàbhor am fia'nais Dhe, agus a dh' iarr pàillìun fhaghail do Dhia Iacob.

47 Ach thog Solamh tigh dha.

48 Gidheadh ni bheil an ti a 's àirde a' gabhail comhnuidh ann an teampluibh làmh-dheanta; mar a deir am faidh,

49 *'S è* neamh mo chaithir rioghail, agus an talamh stòl mo chos: ciod an tigh a thogas sibh dhamh? a deir an Tighearna: no creud è ionad mo thàimh?

50 Nach do rinn mo làmh na nithe sin uile?

51 A dhaoine cruaidh-mhuinealacha, agus neimh-thimchiollghearrt' ann an croidhe agus ann an cluasaibh, ata sibh a ghnà' a' cur ann aghaidh an Spioraid naoimh: mar *a rinn* bhur n aithreacha, mar sin ata sibhse *a' deanamh.*

52 Co do na fàidhibh air nach d' rinn bhur n aithreacha geur-leanmhuin? agus mharbh siad iadsan a roimh-fhoillsich teachd an Fhìrein ud; air an raibh sibhse a noise 'n ar luchd-brathaidh, agus 'n ar mort-fhearaibh:

53 *Sibhse* a fhuair an lagh le frithealadh nan aingeal, agus cha do choimhead sibh *è.*

54 'N uair a chual' iad na nithe sin, bha iad air an gonadh 'n an croidhe, agus chas iad *am* fiacla ris.

55 Ach air dha-san bhi làn do 'n Spiorad naomh, dh' amhairc è gu geur suas gu neamh, agus chunnairc è glòir Dhe, agus Iosa 'na sheasamh air deas làimh Dhe,

56 Agus a dubhairt sè, Fèuch, ata mi faicsin nan neamha fosgailte, agus Mac an duine 'na sheasamh air deas làimh Dhe.

57 Ann sin ghlaodh iad amach le guth mòr, agus stop iad an cluasa, agus thug iad a dh' aon inntin d'a ionnsuidh,

58 Agus air dhoibh a thilgeadh amach as a' † chaithir, ghabh iad do chlochaibh *air:* agus thilg na fia'naisean an eadach fios aig cosaibh òganaich, d'am b' ainm Saul.

59 Agus chloch iad Stephan, *agus è* a' gairm air *Dia,* agus ag radh, A Thighearna Iosa, glac mo spiorad.

60 Agus air dha a leigeadh fein air a ghlùinibh, ghlaodh è le guth mòr, A Thighearna, na cuir am peacadh so as an leth. Agus air dha so a radh, choidil è.

CAIB. VIII.

1 *'Ta an soisgeul air a shearmonachadh ann Samaria le Philip, neach a rinn mòran mhiorbhuile, agus a bhaist mòran, agus am measg chòich Simon an Draoi'.* 14 *Thainig Peadar agus Eoin a dhaingneachadh agus a leudachadh nà h eaglais; le cur an làmh air an droing a chreid, tha 'n Spiorad naomh air a thiodhlacadh:* 18 *'n uair a b' àill le Simon a' ghibht cheudna cheannach uatha le h airgiod,* 20 *'ta sè air a chronachadh gu geur le Peadar, air son a cheilg, agus a shannt, agus*

* dealbha.

† bhaile.

agus air earalachadh gu aithreachas a ghabhail: 25 *'Ta na h abſtoil, taireis an ſoiſgeul a ſhearmonachadh, a' pilltin gu Hieruſalem.* 26 *'Ta aingeal ag cur Philip a theagaſg, agus a bhaiſteadh a' chaillteanaich o Etiopia.*

AGUS bha Saul ag aontachadh leis a bhàs-ſan. Agus dh' eirich ann ſan àm ſin geur-leanmhuin mhòr ann aghaidh na h eaglais a bha ann Ieruſalem; agus bha iad uil' air an ſgapadh air feadh tìr' Iudea agus Shamaria, ach na h abſtoil *amhàin.*

2 Agus ghiùlain daoine * diadhaidh Stephan *chum adhlaic,* agus rinn iad bròn mòr air a ſhon.

3 Ach bha Saul a' ſaſachadh na h eaglais, a' dol a ſteach do gach tigh; agus ag tarruing amach dhaoin' agus bhan, chuir è am prìoſun *iad.*

4 Uime ſin dh' imich an droing a ſgapadh, feadh gach àite, a' ſearmonach' an ſhocail.

5 Ann ſin chuaidh Philip ſios do bhaile Shamaria, agus ſhearmonaich ſè Crioſd doibh.

6 Agus thug an ſluagh a dh' aon toil aire do na nithibh a labhradh le Philip, ag eiſteachd *ris,* agus a' faicſin nam miorbhuile a rinn sè.

7 Oir chuaidh ſpiorada neoghlan' amach a mòran ann san raibh iad, a' glaodhaich le guth mòr: agus chuaidh mòran air an raibh am pairilis, agus a bha 'nam bacaich, a ſhlànuchadh.

8 Agus bha gàirdeachas mòr ſa bhaile ſin.

9 Ach bha roimhe ſin duine àraidh ſa bhaile ſin d' am b' ainm Simon, neach a ghnàthaich draoidheachd, agus a † mheall muintir Shamaria, ag radh gu 'm bu neach mòr eigin è fein.

10 Dha-ſan thug iad uile aire o'n bheag gus a' mhòr, ag radh, 'S è 'n duine ſo cumhachd mòr Dhe.

11 Agus thug iad an aire dha, do bhri' gur ‡ mheall sè iad rè ùine fhada leis a dhraoidheachd.

12 Ach 'nuair a chreid iad Philip, a' ſearmonachadh nan nithe a bhuineas do rioghachd Dhe, agus do ainm Iofa Crioſd, bhaiſteadh iad eidear dhaoine agus mhnài.

13 Ann ſin chreid Simon fein mar an ceudna: agus 'nuair a bhaiſteadh è, dh' fhan è maille ri Philip, agus ag faicſin nan comharth' agus nam feart a rinneadh, ghabh è iongantas ro-mhòr.

14 Agus 'nuair a chuala na h abſtoil a bha ann Ieruſalem, gur ghabh Samaria focal De, chuir iad d'an ionnſuidh Peadar agus Eoin:

15 Agus air dol ſios dhoibh, ghuidh iad air an ſon gu 'm fuigheadh iad an Spiorad naomh.

16 (Oir cha d' thainig è fòs a nuas air a h aon aca: ach amhàin bhaiſteadh iad ann ainm an Tighearna Iofa)

17 Ann ſin chuir iad *an* làmhan orra, agus fhuair iad an Spiorad naomh.

18 Agus 'nuair a chunnairc Simon gu'n raibh an Spiorad naomh air a thabhairt tre làmhan nan abſtol a chur orra, thairg sè airgiod dhoibh,

19 Ag radh, Thugaibh dhamh-ſa mar an ceudna an cumhachd ſo, ge b'è neach air an cuir mi *mo* lamha, gu 'm fuigh sè an Spiorad naomh.

20 Ach a dubhairt Peadar ris, Gu rachadh t airgiod a mugha maille riut fein, do bhri' gur mheas thu gu'm feudfadh tiodhlac' Dhe a cheannach le h airgiod.

21 Cha 'n 'eil agad cuid no crann-

* cràbhach. † chuir thar am beachd, ‡ chuir sè thar am beachd iad.

crannchar ann fa chùis fo: Oir cha 'n 'eil do chroidhe treibh-dhireach am fia'nais Dhe

22 Gabh aithreachas uime fin do t olc fo, agus guidh air Dia, ma dh' fheudar gu maithear dhuit fmuaineadh do chroidhe.

23 Oir ata mi 'g a d' fhaicfin ann an domblas an t fearbhuis, agus *fuidh* chuibhreach na h ea-corach.

24 Ann fin fhreagair Simon, agus a dubhairt è, Guidhibhfe 'n Tighearna air mo fhon, nach d' thig a h aon do na nithibh fin a dubhairt fibh orm.

25 Ann fin air dhoibhfin fia'nais a dheanamh agus focal an Tighearna a labhairt, phill iad gu Hierufalem, agus fhearmonaich iad an foifgeul ann am moran do bhailtibh nan Samaritanach.

26 Agus labhair aingeal an Tighearna re Philip, ag radh, Eirich agus im'ich chum na h àirde deas chum na flighe a'ta dol fios o Hierufalem gu Gafa, á 'ta 'n a fhàfach.

27 Agus dh' eirich è, agus dh' imich sè: agus feuch duine àraidh, caillteanach o Etiopia, aig an raibh mòr ùghdarras fuidh Chandace bain-rioghan na h Etiopia, agus aig an raibh maighifdireachd a h ionmhuis uile, agus a bha air teachd gu Hierufalem chum adhradh a dheanamh,

28 Bha è a' pilleadh air ais, agus 'n a fhuidhe 'n a charbad, agus bha è leughadh an fhàidh Efaias.

29 Ann fin a dubhairt an Spiorad re Philip, Im'ich am fogus, agus druid ris a' charbad fo.

30 Agus ruidh Philip d'a ionnfuidh, agus chuala sè è a' leughadh an fhàidh Efaias, agus a dubhairt sè, Am bheil thu a' tuigfin nan nithe a 'ta thu a' leughadh?

31 Agus a dubhairt eifean, Cionnas is urradh mi, mur feòl neach eigin mi? Agus dh' iarr sè air Philip teachd a nios, agus fuidhe maille ris.

32 A' chuibhrionn do 'n fgriobtuir a bha è leughadh, bi fo i, Thugadh è mar chaora chum marbhaidh, agus mar uan a 'ta 'na thofd am fia'nais an fhir-lomaidh, amhuil fin cha d' fhofgail se a bheul:

33 Ann a ifleachadh thugadh a bhreitheanas air falbh: agus co a nochdas a ghinealach? oir thogadh a bheatha o'n talamh.

34 Agus fhreagair an caillteanach, agus a dubhairt sè re Philip, Guidheam thu, cia uime deir am faidh fo? uime fein, no mu neach eigin eile?

35 Ann fin dh' fhofgail Philip a bheul, agus ag tòifeach' o'n fgriobtuir fin, fhearmonaich sè Iofa dha.

36 Agus mar a dh' imich fiad air an t flighe, thainig iad gu h uifg' àraidh: agus a dubhairt an caillteanach, Feuch, *tha* uifge *ann fo;* ciod ata bacadh mife bhi air mo bhaifteadh?

37 Agus a dubhairt Philip, Ma 'ta thu a' creidfin le d' uile chroidhe, feudaidh tu. Agus fhreagair è agus a dubhairt sè, Ata mi a' creidfin gur è Iofa Criofd Mac Dhe.

38 Agus dh' àithn è 'n carbad a fheafamh: agus chuaidh iad fios le chéile do'n uifge, araon Philip agus an caillteanach; agus bhaift sè è.

39 Agus 'n uair a thainig iad a nios as an uifge, thog Spiorad an Tighearna Philip leis, agus cha 'n fhac' an caillteanach tuilleadh è: agus dh' imich è air aghaidh le gàirdeachas.

40 Ach fhuaradh Philip ann Afotos: agus fhearmonaich è ann

fna

ſna bailtibh uile, a' dol tre *'n dùthaich*, gus an d' thainig è gu Ceaſarea.

CAIB. IX.

1 *Ata Saul, air dha bhi 'g im'eachd gu Damaſcus, air a leagadh ſios gu talamh le ſolus, agus guth o neamh*: 10 *Ata sè air a ghairm chum na h abſtolachd*, 18 *agus air a bhaiſteadh le Ananias*: 20 *'ta è ſearmonachadh Chriosd gu dùna.* 23 *'Ta na h Iudhaich, agus fòs na Greugaich a' luidheadh am plaid, chum a mharbhadh; ach 'ta eiſean a' dol as uatha le chéile.* 31 *&c. Ata fois aig an eaglais, ata Peadar a' leigheas Eneais do 'n phairilis, agus a' toirt Thabita a-rìs beo.*

AGUS air bhi do Shaul fòs a' léideadh bagraidh, agus * àrann aghaidh dheisciobul an Tighearna, chuaidh è chum an àrd-ſhagairt.

2 Agus dh' iarr è litriche uaithe gu Damaſcus chum nan ſionagog, chor nam fuigheadh è aon neach do 'n t-ſlighe ſo, † co aca bu daoine no mnài iad, gu 'n d' thugadh è leis ceangailte gu Hieruſalem iad.

3 Agus ag im'eachd dha, ‡ tharladh gu 'n do dhruid è re Damaſcus: agus dhealraich gu h obann mu 'n cuairt air ſolus o neamh.

4 Agus air tuiteam dha air an talamh, chuala sè guth ag radh ris, A Shauil, a Shauil, c'ar ſon ata thu a' geur-leanmhuin ormſa?

5 Agus a dubhairt eiſean, Co thu, a Thighearna? Agus a dubhairt an Tighearna, Is miſe Iosa air am bheil thuſa a' deanamh geur-leanmhuin: *Is* cruàidh dhuitſe breabadh ann aghaidh nan dealg.

6 Agus air dha-ſan bhi air chrith agus làn ua'bhainn, a dubhairt sè, A Thighearna, ciod is àill leat miſe a dheanamh? Agus *a dubhairt* an Tighearna ris, Eirich, agus rach a ſteach do'n bhaile, agus innſear dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh.

7 Agus ſheas na daoine bha 'g im'eachd maille ris gun chainnt, ag cluinntin a' ghutha, ach gun neach air bith fhaicſin.

8 Agus dh' eirich Saul o'n talamh, agus air fosgladh a ſhùl dha, cha 'n fhaca sè neach air bith: ach air dhoibh breith air a làimh, threòraich ſiad *è* gu Damaſcus.

9 Agus bha è tri làith' gun radharc, agus cha d'ith agus cha d' òl è ni air bith.

10 Agus bha deiſciobul araidh ann Damaſcus, d'am b' ainm Ananias, agus a dubhairt an Tighearna risean ann am ſoillſeachadh, Ananias. Agus a dubhairt eiſean, Fèuch, *ata* mi *'n ſo*, a Thighearna.

11 Agus *a dubhairt* an Tighearna ris, Eirich, agus im'ich do 'n t-ſràid, d' an goir'ear Dìreach, agus iarr ann an tigh Iudais, *duin'* o Tharſus d'an goirthear Saul; oir fèuch, ata è re ùrnuigh,

12 Agus chunnaic è ann am ſoillſeachadh duine d' an ainm Ananias, a' teachd a ſteach, agus a' cur *a* làimh' air, chum gu 'm ſuigheadh è a radharc.

13 Ann ſin fhreagair Ananias, A Thighearna, chuala mi o mhòran mu 'n duine ſo, cia lion olc a rinn sè do d' naomhaibh ann Ieruſalem:

14 Agus ata ann ſo aige ùghdarras o uachdranaibh nan ſagart, iadſan uile a cheangal a 'ta gairm air t ainm.

15 Ach a dubhairt an Tighearna ris, Im'ich: oir is ſoitheach taghta dhamh-ſa è, chum m'ainm á ghiùlan am fia'nais nan cinneach, agus righridh, agus chloinn Iſraeil.

16 Oir nochdaidh miſe dha cia mèud na nithe a's eigin da fhulang air ſgà' m' ainmſe.

17 Agus

* marbhaidh. † nam bu daoine no mnài iad. ‡ thachair.

17 Agus dh' imich Ananias, agus chuaidh è fteach do 'n tigh ; agus ag cur a làmhan air, a dubhairt sè, A bhràthair Shauil, chuir an Tighearna (*ceadhon* Iofa a dh' fhoillficheadh dhuitfe ann san t flighe air an d' thainig thu) mife chum gu 'm fuigheadh tu do radharc, agus gu 'm biodh tu air do lionadh leis an Spiorad naomh.

18 Agus air ball thuit o fhùilibh amhuil lannan; agus dh' aifigeadh a radharc dha gun dàil, agus air dha eirigh, bhaifteadh è.

19 Agus air gabhail bìdh dha, neartaicheadh è. Ann fin bha Saul làith' àraidh maille ris na deifciobluibh a bha ann Damafcus.

20 Agus air ball fhearmonaich sè Criofd ann fna fionagogaibh, gur eifean Mac Dhe.

21 Ach bha gach uil' a chual' è fa ua'bhas, agus a dubhairt fiad, Nach è fo eifean a bha fgrios ann Ierufalem iadfan a bha gairm air an ainm fo, agus a thainig ann fo chum na crìche fin, gu 'n d' thugadh sè ceangailte iad dh' ionnfuidh uachdarana nan fagart ?

22 Ach bu mhòid a neartaicheadh Sàul, agus chuir sè gu h amhluadh na h Iudhaich a bha chomhnuidh ann Damafcus, a' dearbhadh gur e fo an Criofd.

23 Agus air dol do mhòran làith' feachad, rinn na h Iudhaich comhairle r'a chéile eifean a mharbhadh :

24 Ach thugadh fios do Shaul air am feill ; agus bha faire aca air na geataibh a là agus a dh' oidhche chum a mharbhadh.

25 Ann fin ghabh na deifciobuil è fan oidhche, agus chuir iad amach thar a' bhall' è agus leig iad fios ann an clabh è.

26 Agus 'n uair a thainig Saul gu Hieruſalem, dh'fhèuch sè re è fein a cheangal ris na deifciobluibh : ach bha eagal orr' uile roimhe, agus cha do chreid iad gur bu deifciobul è.

27 Ach ghabh Barnabas d'a ionnfuigh è, agus thug sè chum nan abftol è, agus chuir sè 'n céill doibh cionnas a chunnairc è 'n Tighearna ann fan t flighe, agus gur labhair sè ris, agus cionnas a fhearmonaich è gu dàna ann Damafcus ann ainm Iofa.

28 Agus bha è maille riu a' teachd a fteach, agus a' dol amach ann Ierufalem.

29 Agus labhair è gu dàna ann ainm an Tighearna Iofa, agus rinn è deafboireachd ann aghaidh nan Greugach : ach chuir iadfan rompa eifean a mharbhadh.

30 Ach 'n uair a thuig na bràithre *fo*, thug iad fios è gu Ceafarea, agus chuir iad air falbh gu Tarfus è.

31 Ann fin bha fois aig na h eaglaifibh tre Iudea uile, agus Ghalilee, agus Shamaria, agus air dhoibh bhi air an tog'ail fuas, agus a' fiubhal ann eagal an Tighearna, agus ann an comh-fhurtachd an Spioraid naoimh, mhèudaicheadh gu mòr iad.

32 Agus tharladh, air do Pheadar im'eachd tre gach uil' *aite*, gu 'n deachaidh è fios fòs chum nan naomh a bha gabhail comhnuidh ann Lidda.

33 Agus fhuair è ann fin duine àraidh d'am b' ainm Eneas, a bha rè ochd bliadhna air a leabaidh, agus è gu tinn leis a' phairilis.

34 Agus a dubhairt Peadar ris, Eneais, ata Iofa Criofd ga d'leigheas: eirich, agus dean do leaba. Agus air ball dh' eirich sè.

35 Agus chunnaic iadfan uile è, a bha chomhnuidh ann Lidda, agus *ann* Saron, agus phill iad chum an Tighearna.

36 'Noife bha ban-deifciobul àraidh

raidh ann Ioppa d'am b'ainm Tabita, 's è fin, air eidir-theangachadh, Dorcas: bha a' bhean fo làn do dheadh oibribh, agus do dhéircibh a rinn fi.

37 Agus tharladh ann fna laithibh fin, air dh'ife bhi gu tinn gu'n d'fhuair fi bàs: Agus air dhoibh a h ionnlad, chuir iad ann an feòmar uachdrach *i.*

38 Agus air bhi do Lidda fogus do Ioppa, *agus* air cluinntin do na deifciobluibh gu'n raibh Peadar ann fin, chuir iad dias dhaoine d'a ionnfuidh, a' guidheadh *air* è theachd d'an ionnfuidh-fe gun dàil.

39 Ann fin dh' eirich Peadar, agus chuaidh è maille riu. Agus 'n uair a bha è air teachd, threòraich iad fuas è do'n t feòmar uachdrach: agus fheas na bain-treabhaiche uile làimh ris a' caoineadh, agus a' nochdadh nan còtaichean agus nan eadaichean a rinn Dorcas am feadh a bha i maille riu.

40 Ach air do Pheadar an cur amach uile, leig fe è fein air a ghlùinibh agus rinn fè ùrnuigh, agus air dha tionnda' ris a' chorp, a dubhairt sè, A Thabita, eirich. Agus dh' fhofgail ife a sùilean: Agus air dh'i Peadar fhaicfin, dh' eirich i 'n a fuidhe.

41 Agus thug è a làmh dh'i, agus thog è 'n a feafamh i; agus 'n uair a ghairm è na naoimh agus na bain-treabhaiche, chuir è 'nan làthair beo i.

42 Agus fhuaradh fios air fo tre Ioppa uile; agus chreid mòran ann fan Tighearna.

43 Agus tharladh, gu 'n d'fhan sè mòran do laithibh ann Ioppa maille re Simon àraidh fear-deafacha' leathair.

CAIB. X.

1 *Air do Chornelius, duine crùbhach, àithne fhaghail o aingeal, chuir è fios air Peadar,* 11 *neach ata air a theagafg ann an taisbean gun è dheanamh tàir' air na Geintileachaibh:* 34 *Ann feadh ata è fearmonachadh Chriofd do Chornelius agus d'a chuideachd, ata 'n Spiorad naomh a' teachd a nuas orra, agus ata fiad air am baifleadh.*

AGUS bha duine àraidh ann Ceafarea, d'am b'ainm Cornelius, caiptin-cheud do'n chuideachd d'an goir'ear *a' chuideachd* Eadailteach.

2 *Duine* crabhach, agus air an raibh eagal De maille r'a thigh uile, a bha toirt mòrain déirce do 'n phobull, agus a' deanamh ùrnuigh re Dia a ghnà'.

3 Chunnaic è ann an taisbean gu foilleir, mu thimchioll na naothadh uair' do'n là, aingeal De a'teachd a ftigh d'a ionnfuidh, agus ag radh ris, A Chornelius.

4 Agus air dha-fan amharc gu geur air, ghabh sè eagal, agus a dubhairt sè, Creud è, a Thighearna? Agus a dubhairt è ris, Chuaidh t ùrnuighean agus do dhéircean fuas mar chuimhneachan ann am fia'-nais De.

5 Agus a noife cuir daoine gu Ioppa, agus cuir fios air Simon, d'an co'-ainm Peadar:

6 Ata sè air aoidheachd maille re Simon àraidh fear-deafachadh leathair, aig am bheil a thigh làimh ris an fhairge: innfidh eifean duit ciod is còir dhuit a dheanamh.

7 Agus 'n uair a dh' fhalbh an t aingeal a labhair re Cornelius, ghairm sè d'a ionnfuidh dias do mhuintir a thighe, agus faighdfhear cràbhach do 'n dream a bha ghnà' a' feitheamh air:

8 Agus 'n uair a chuir sè an t iom-

lan

lan ann céill doibh, chuir sè iad gu Ioppa.

9 Agus air a' mhàireach 'n uair a bha iadsan air an turus, agus a' teachd am fogus do'n bhaile, chuaidh Peadar suas air mullach an tighe a dheanamh ùrnuigh, mu thimchioll na * seathadh uair.'

10 Agus dh'fhàs è ro-ocrach, agus bu mhiann leis *biadh* itheadh: ach am feadh a bha iadsan ag ullachadh, thuit sè ann an nèul.

11 Agus chunnaic e neamh fosgailte, agus soitheach àraidh a' teachd a nuas d'a ionnsuidh, amhuil † braith-lìn mhòr, ceangailte air a ceithir bèannaibh, agus air a leigeadh sios air an talamh:

12 Ann s an raibh gach uile ghnè bheathaiche ceithir-chosach na talmhain, agus bheathàiche allta, agus bhiasda a shnàigheas, agus èunlaith an aidheir.

13 Agus thainig guth d'a ionnsuidh, Eirich, a Pheadair; marbh agus ith.

14 Ach a dubhairt Peadar, Ni h eadh, a Thighearna; oir cha d'ith mi riamh aon ni ‡ coitchionn no neo-ghlan.

15 Agus *a dubhairt* an guth ris a-rìs an dara uair, Na nithe sin a ghlan Dia, na goir thusa coitchionn.

16 Agus rinneadh so tri uaire: agus thogadh an soitheach a-ris suas gu neamh.

17 'Noise 'n uair a bha Peadar fuidh amharus ann fein ciod bu chiall do'n taisbean a chunnaic è; feuch, bha na daoine a chuireadh o Chornelius, taireis doibh tigh Shimoin iarraidh, 'n an seasamh aig an dorus,

18 Agus air gairm dhoibh, dh'fheòraich iad an raibh Simon d'an co'-ainm Peadar, air aoidheachd ann sin.

19 Am feadh a bha Peadar a' smuainteachadh air an taisbean, a dubhairt an spiorad ris, Feuch, ata triuir dhaoine ga d'iarraidh.

20 Uime sin eirich, agus rach sios, agus im'ich maille riu, gun amharus air bith a bhi ort: oir is mise a chuir *uam* iad.

21 Agus chuaidh Peadar sios chum nan daoin' a chuireadh d'a ionnsuidh o Chornelius; agus a dubhairt sè, Feuch, is mise an ti a 'ta sibh ag iarraidh: creud è an t adhbhar mu 'n d'thainig sibh?

22 Agus a dubhairt iadsan, Fhuair Cornelius an caiptin-cheud, duine co'-thromach, air am bheil eagal De, agus fuidh dheadh ainm aig cinneach nan Iudhach uile, rabhadh o Dhia le aingeal naomha, fios a chur ortsa d'a thigh, agus briathra eisdeachd uait.

23 Ann sin ghairm è stigh iad, agus thug è aoidheachd *dhoibh*. Agus air an là màrach dh'imich Peadar maille riu, agus chuaidh dream àraidh do na bràithribh o Ioppa maraon ris.

24 Agus air an là màrach chuaidh iad a steach do Cheasarea: agus bha Cornelius a' feitheamh riu, agus air gairm a luchd dàimh' agus a chàirde dìsle ann ceann a chéile.

25 Agus 'n uair a bha Peadar a' dol a steach, choinnich Cornelius è, agus thuit è sios aig a chosaibh, agus rinn sè àdhra' *dha*.

26 Ach thog Peadar suas è, ag radh, Seas suas; is duine mise mar an ceudna.

27 Agus ag comhradh ris, chuaidh è steach, agus fhuair è mòran cruinn.

28 Agus a dubhairt sè riu, Ata fhios agaibh gu bheil è mi-dhligheach do dhuine a 'ta 'n a Iudhach, co'-luadar a § ghleidheadh re neach ata do chinneach eile, no teachd am fogus da: ach nochd Dia dhamh-sa,

* i. e. meadhon-là † lion cadach. ‡ cumanta. § chumail.

fa, gun duine air bith a ghairm coitchionn no neo-ghlan.

29 Uime fin thainig mife 'n uair a chuireadh fios orm, gun aon ni a radh 'n a aghaidh: air an adhbhar fin ata mi feòraich c'ar fon a chuir fibh fios orm.

30 Agus a dubhairt Cornelius, O'n cheathramh là bha mi a' deanamh trofg' gus an uair fo, agus air an naothadh uair bha mi deanamh urnuigh ann mo thigh, agus feuch, fheas duine a' m' làthair ann eadach dealrach,

31 Agus a dubhairt sè, A Chornelius, dh' eifdeadh t urnuigh, agus tha do dhéircean air an cuimhneachadh am fia'nais De.

32 Uime fin cuir gu Ioppa, agus cuir fios air Simon, d'an co'-ainm Peadar; tha è air aoidheachd ann an tigh Shimoin fear-deafachadh leathair, làimh ris an fhairge; neach 'n uair a thig fè, a labhras riut.

33 Uime fin chuir mi air ball fios ort; agus is maith a rinn thu teachd. Air an adhbhar fin tha finne uile ann fo a làthair am fia'nais De, a dh'eifdeachd nan uile nithe a'ta air an àitmneadh dhuitfe le Dia.

34 Ann fin dh'fhofgail Peadar a bheul, agus a dubhairt sè, Gu fìrinneach ata mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearfaibh feach a chéile:

35 Ach ann s gach uile chinneach, ata an neach air am bheil eagalfan, agus a'ta 'g oibreachadh fìreantachd, taitneach aige.

36 Am focal a chuir Dia gu clann Ifraeil, a' fearmonachadh sìth tre Iofa Criofd (is eifean Tighearna nan uile)

37 Am focal fin is aithne dhuibh, a fgaoileadh air feadh tìr' Iudea uile, agus a * thionnfgain o'n Ghalilee, ann diaigh a' bhaifdidh a fhearmonaich Eoin:

38 Cionnas a dh'ung Dia Iofa o Nafaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd; neach a chuaidh m'an cuairt a' deanamh maith, agus a' flànuchadh gach uile a bha air am foireignеachadh leis an diabhol: oir bha Dia maille ris.

39 Agus ata finne 'n ar fia'naifibh air na h uilc nithibh a rinn è faraon ann an tìr nan Iudhach, agus ann Ierufalem; neach a mharbh iad 'g a chrochadh air crann:

40 Eifean thog Dia fuas air an treas là, agus nochd sè è gu follafach,

41 Cha 'n ann do 'n t fluagh uile, ach do fhia'naifibh, a' thaghadh le Dia roimh làimh, *eadhon* dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris ann diaigh dha eirigh o na marbhaibh.

42 Agus dh'àithn è dhuinne fearmonachadh do'n t fluagh, agus fia'nais a dheanamh gur eifean a dh'òrduicheadh le Dia 'n a bhreitheamh air bheothaibh agus air mharbhaibh.

43 Dha-fa tha na faidhean uile a' toirt fia'nais, gu'm fuigh gach uile neach a chreideas ann maitheanas 'n am peacadh trìd ainm-fin.

44 Am feadh a bha Peadar fòs a' labhairt nam briathra fin, † thuirling an Spiorad naomh orra-fan uile a chual' am focal.

45 Agus ghabh na creidmhich do'n timchioll-ghearradh, a mhèud diubh 's a thainig maille re Peadar, iongantas mor, do bhri' gur dhòirteadh air na cinneachaibh fos tiodhlac' an Spioraid naoimh.

46 Oir chuala fiad iad a' labhairt le teangaibh, agus ‡ a' moladh Dhe. Ann fin fhreagair Peadar,

47 Am feud neach fam bith uifge a thoirmeafg, chum nach rachadh iad fo a bhaifteadh, a fhuair an Spiorad naomh, co'-maith ruinne?

* thofaich.

† thuit ‡ ag àrduchadh.

48 Agus dh' òrduich sè iad a bhi air am baisteadh ann ainm an Tighearna. Ann sin ghuidh iad air santuin *maille riu* làith' àraidh.

CAIB. XI.

1 *Fhuaradh cron do Pheadar air son co'-luadar a ghleidheadh ris na Geintileachaibh:* 4 *ata sè 'g innseadh a reusoin, agus ata sin a' taitneadh r'a luchd dìtidh.* 19 *Air do 'n t soisgeul a bhi air a sgaoileadh seadh Phenice, agus Chipruis, agus Antioch, chuireadh Barnabas chum a' mhuintir sin a chreid a dhaingneachadh.* 26 *'Ta ra deisciobuil air an ainmeachadh 'n an Criosdaidhean air tùs ann Antioch.* 27 *Ata siad ag cur congnamh chum nam bràithre ann Iudea, ann àm gortaidh.*

AGUS chuala na h abstoil agus na bràithre bha ann Iudea, gu'n do ghabh na Geintilich mar an ceudna re focal De.

2 Agus 'n uair a chuaidh Peadar suas gu Hieruselem, rinn iadsan a bha do 'n timchioll-ghearradh conspoid ris,

3 Ag radh, Chuaidh tu steach dh' ionnsuidh daoine nach raibh air an timchioll-ghearradh, agus dh' ith thu maille riu.

4 Agus thòisaich Peadar, agus chuir è 'n *t iomlan* ann céill doibh ann òrdugh, ag radh,

5 Bha mi ann an caithir Ioppa re urnuigh; agus ann an nèul chunnairc mi taisbean, soitheach àraidh a' teachd a nuas, amhuil * braith-lìn mhòr, air a leigeadh a nuas o neamh air a ceithir-beannaibh; agus thainig i do m' ionnsuidhse.

6 Agus air dhamh beachdachadh gu geur uirre, thug mi fainear, agus chunnairc mi beathaiche ceithir-chosach na talmhain, agus fiadh-bheathaiche, agus na biasda a shnaigheas, agus eunlaith an aidheir.

7 Agus chuala mi guth ag radh rium, Eirich, a Pheadair; marbh agus ith.

8 Ach a dubhairt mise, Ni h eadh, a Thighearna: oir cha deachaidh riamh aon ni coitchionn no neoghlan a stigh do m' bheul.

9 Ach fhreagair an guth mi an dara h uair o neamh, Na nithe a ghlan Dia, na meas thusa † neoghlan.

10 Agus rinneadh so tri uaire: agus thogadh an t iomlan a-rìs suas gu neamh.

11 Agus feuch, air ball bha triuir dhaoine air teachd chum an tighe ann san raibh mi, a chuireadh o Cheasarea do m' ionnsuidh.

12 Agus a dubhairt an Spiorad rium dol maille riu, gun amharus air bith bhi orm. Agus chuaidh mar an ceudna an t seathnar bhràithre so maille rium, agus chuaidh sinn a steach do thigh an duine:

13 Agus nochd è dhuinn cionnas a chunnaic è aingeal 'n a sheasamh ann a thigh, a dubhairt ris, Cuir daoine gu Ioppa, agus cuir fios air Simon, d'an comh-ainm Peadar:

14 Neach a labhras briathra riut, leis an sàbhalar thu fein agus do thigh uile.

15 Agus 'n uair a thòisaich mi air labhairt, ‡ thuirling an Spiorad naomh orra-sa, amhuil mar oirnne air tùs.

16 Ann sin chuimhnich mise focal an Tighearna, mar a dubhairt sè, Bhaist Eoin gun amharus le h uisge; ach bithidh sibhs' air bhur baisteadh leis an Spiorad naomh.

17 Uime sin ma thug Dia dhoibhsin a choi'-ionann tiodhlac' ruinne, a chreid ann san Tighearna Iosa Criosd, co mise gu'm bithinn comasach bacadh a chur air Dia?

18 Agus 'nuair a chual' iad na nithe so, thosd iad, agus thug iad glòir do Dhia, ag radh, Thug Dia ma

* lion-eadach. † coitchionn. ‡ thuit.

ma seadh do na Geintileachaibh fòs aithreachas chum na beatha.

19 'Noise chuaidh iadsan a sgapadh amach leis an triobloid a dh'eirich air son Stephain, eadhon gu Phenice, agus Ciprus, agus Antioch, gun am focal a labhairt re aon neach ach ris na h Iudhachaibh amhàin.

20 Agus bha cuid diubh o Chiprus, agus o Chirene, dream air dhoibh dol a steach do Antioch, a labhair ris na Greugachaibh, a' searmonachadh an Tighearna Iosa.

21 Agus bha làmh an Tighearna maille riu: agus chreid àireamh mhòr, agus phill iad chum an Tighearna.

22 Agus thainig sgeula air na nithibh sin gu cluasaibh na h eaglais a bha ann Ierusalem: agus chuir iad Barnabas uatha, chum gu'n rachadh sè *eadhon* gu h Antioch.

23 Neach 'nuair a thainig è, agus a chunnairc è gràsa Dhe, a rinn gàirdeachas, agus a dh' earail orra uile, gu'n dlù'-leanadh iad ris an Tighearna le rùn croidhe.

24 Oir bha è 'n a dhuine maith, agus làn do'n Spiorad naomh, agus do chreidimh: Agus chuireadh sluagh mòr ris an Tighearna.

25 Ann sin chuaidh Barnabas gu Tarsus, a dh' iarraidh Shauil.

26 Agus air fhaghail da, thug sè leis è gu h Antioch. Agus tharladh, gu'n raibh iad rè bliadhna iomlan air an cruinneachadh maille ris an eaglais, agus gur theagaisg iad sluagh mòr; agus gur ghoireadh Criosdaidhean do na deiscibluibh air tùs ann Antioch.

27 Agus ann sna laithibh sin thainig faidhean o Hierusalem, gu h Antioch.

28 Agus air seasamh suas do aon aca d' am b'ainm Agabus, dh'fhoillsich sè tre an Spiorad, gu'm biodh gorta mhòr air feadh an domhain uile: ni mar an ceudna a thachair re linn Chlaudius Cheasair.

29 Ann sin chuir gach aon do na deiscibluibh roimhe, a reir a chomais, congnamh a chur chum nam bràithre a bha chomhnuidh ann Iudea.

30 Ni mar an ceudna a rinn iad, agus chuir iad è chum nan seanoiridh tre làimh Bharnabais agus Shauil.

CAIB. XII.

1 *'Ta Righ Ioraith a' deanamh geur-leanmhuin air na Criosdaidhibh, a' marbhadh Sheumais, agus a' cur Pheadair am prìosun, neach ata air a thoirt amach le aingeal tre ùrnuighibh na h eaglais: 20 Do bhrì gu'n do ghabh Ioraith chuige fein, ann àrdan a chroidhe, an onoir a's dligheach do Dhia, 'ta sè air a bhualadh le h aingeal, agus a' bàsachadh gu truagh: 24 'Ta focal Dè taireis a bhàis-sin, a' foirbheachadh.*

'NOISE mu 'n àm sin, shìn Ioraith an righ *a* làmhan á dheanamh uilc air dream àraidh do'n eaglais.

2 Agus mharbh è Seumas bràthair Eoin leis a' chloidheamh.

3 Agus 'n uair a chunnairc sè gur thaitin sin ris na h Iudhachaibh, chuaidh è air aghaidh a ghlacadh Pheadair fòs. (Agus b'iad laith' an arain gun laibhin a bh' ann.)

4 Agus ghlac è agus chuir sè 'm prìosun è, agus thug sè è r'a ghleidheadh do cheithir cheathrar shaighd-fheara, fa rùn a thoirt amach do'n phobull ann diaigh na càisge.

5 Air an àdhbhar sin * choimheadadh Peadar ann sa phrìosun; ach bha bith-ùrnuigh air a dea-

namh

* ghleidheadh.

namh leis an eaglais re Dia air a shon.

6 Agus 'n uair a b'àill le Ioraith a thoirt amach, san oidhche sin fein bhà Peadar 'na chodal eidir dias shaighd-fheara, ceangailte le dà shlabhruidh; agus bha 'n luchd-faire roimh an dorus ag coimhead a' phrìosuin.

7 Agus f èuch, thainig aingeal an Tighearna air, agus dhealraich solus ann sa phrìosun: agus air bualadh taoibh Pheadair dha, dhùisg sè è, ag radh, Eirich gu grad. Agus thuit a cheanglaiche d'a làmhaibh.

8 Agus a dubhairt an t aingeal ris, Criosnaich thu fein, agus ceàngail ort * do bhonn-bhròga: agus rinn è mar sin. Agus a deir sè ris, Tilg do bhrat umad, agus lean mise.

9 Agus chuaidh sè 'mach agus lean sè è, agus cha raibh fhios aige gu'n raibh è fior an ni a rinneadh leis an aingeal: ach shaoil sè gu 'm bu taisbean a chunnaic è.

10 Agus air dhoibh dol tre 'n cheud agus an dara faire, thainig iad chum a' ghèata iaruin ata treòrachadh do 'n bhaile, a dh' fhosgail doibh leis fein: agus air dol amach dhoibh, chuaidh iad air an aghaidh tre aon fraid, agus air ball dh' fhalbh an t aingeal uaithe.

11 Agus 'n uair a thainig Peadar chuige fein, a dubhairt sè, 'Nois 'ta fhios agam gu firinneach, gu'n do chuir an Tighearna aingeal uaithe, agus gu'n do shaor è mi o làimh Ioraith, agus *o* uile dhùil pobuill nan Iudhach.

12 Agus 'n uair a smuaintich è *air a'chuis*, thainig è gu tigh Mhuire màthar Eoin, d'an co'-ainm Marcus, far an raibh mòran cruinn, agus iad re ùrnuigh.

13 Agus 'n uair a bha Peadar a' bualadh dorus a' ghèataidh, thainig gruagach d' am b' ainm Rhoda a dh' eisdeachd.

14 Agus 'n uair a dh' aithnich i guth Pheadair, tre aoibhneas cha d' fhosgail i 'n geata, ach ruidh i stigh agus dh' innis i gu'n raibh Peadar 'n a sheasamh aig a' gheata.

15 Ach a dubhairt siad ria, Ata thu air mhi-chéill. Ach bha ise † toirt dearbh-chinnte gu'n raibh è mar sin. Ann sin a dubhairt iad, 'S è aingeals' at' ann.

16 Ach bhuanaich Peadar a' bualadh *an doruis*: agus 'n uair a dh' fhosgail iad agus a chunnaic siad è, bha iad làn iongantais.

17 Ach air dha-san smèideadh orra leis a làimh iad a bhi 'n an tosd, chuir sè 'n céill doibh cionnas a thug an Tighearna as a' phrìosun è. Agus a dubhairt sè, Innsibh na nithe so do Sheumas, agus do na braithribh. Agus air dol amach dha, chuaidh è gu àit' eile.

18 Agus air teachd do 'n là bha ‡ iomairt nach bu bheag a' measg nan saighd-fheara, ciod a thachair do Pheadar.

19 Agus air do Ioraith iarraidh, agus gun fhaghail, rannsaich è an lùchd-coimhead, agus dh' òrduich è an toirt air falbh *chum peanais*. Agus chuaidh è sios o Iudea gu Ceasarea, agus rinn è comhnuidh *ann sin*.

20 Agus bha fearg mhèr aig Ioraith re muintir Thiruis agus Shidoin: ach thainig iadsan a dh' aon inntin d'a ionnsuidh, agus air dhoibh Blastus feòmradair an righ a thoirt air an crann, dh'iarr iad sith; do bhrì' gu 'n raibh an tìr air a beathachadh le *tìr* an righ.

21 Agus air là òrduichte, air do Ioraith bhi air a sgeudachadh le eadach

* chuarain. † ag cathachadh. ‡ braiteas.

eadach rioghail, agus 'n a ſhuidhe air a righ-chaithir, * labhair sè gu deas-bhriathrach riu.

22 Agus rinn am pobull gàir, *ag radh*, *Is* guth De *ſo* agus cha *ghuth* duine.

23 Agus air ball bhuail aingeal an Tighearn' è do bhrì' nach d' thug ſè a' ghlòir do Dhia: agus dh'itheadh le cnuimhibh è, agus chuaidh an deo as.

24 Ach dh'fhàs focal an Tighearna agus mhèudaicheadh è.

25 Agus phill Barnabas agus Saul o Hieruſalem, air dhoibh *am* miniſtreileachd a choi'-lionadh, a' toirt leo fòs Eoin, d'an co'-ainm Marcus.

CAIB. XIII.

1 *Ta Pòl agus Barnabas air an taghadh gu dol chum nan Geintileach.* 7 *Mu thimchioll Shergius Paulus, agus Elimas an draoi'.* 14 *Ata Pòl a' ſearmonachadh aig Antioch, gur è Ioſa an Crioſd.* 42 *'Ta na Geintilich ag creidſin ; ach ata na h ludhaich a' labhairt ann aghaidh na firinn, agus re blaiſphemeadh :* 46 *air a ſo 'ta na h abſtoil a' tionnda' chum nan Geintileach.* 48 *Chreid a mhèud 's a bha òrduichte chum beatha.*

9 NOISE bha ann ſan eaglais a bha aig Antioch, fàidhean, agus luchd-teagaiſg àraidh ; mar ata Barnabas, agus Simeon d'an goir-'ear Niger, agus Lucius o Chirene, agus Manaen, comh-alta Ioraith an Tetrarch, agus Saul.

2 Agus air bhi dhoibh re miniſtreileachd do 'n Tighearna, agus a' troſgadh, a dubhairt an Spiorad naomh, Cuiribh a leith dhamh-ſa Barnabas agus Saul, chum na h oibre gus an do ghairm mi iad.

3 Ann ſin air dhoibh troſg' agus ùrnuigh a dheanamh, agus an lamhan a chur orra, leig iad uatha *iad*.

4 Mar ſin air dhoibhs' a bhi air an cur amach leis an Spiorad naomh, chuaidh iad ſios gu Seleucia ; agus o ſin ſheòl iad gu Ciprus.

5 Agus air bhi dhoibh ann Salamis, ſhearmonaich iad focal De ann an ſionagogaibh nan Iudhach : agus bha aca fòs Eoin mar fhear-frithealaidh.

6 Agus 'n uair a chuaidh iad tre 'n oilean gu Paphos, fhuair iad draoidh araidh, fàidh bréige, Iudhach, d'am b' ainm Barieſus :

7 Neach a bha maille re Sergius Paulus an t uachdaran, duine tuigſeach ; air dha-ſan Barnabas agus Saul a ghairm d'a ionnsuidh, dh'iarr è focal De eiſdeachd.

8 Ach chuir an draoidh Elimas (oir is mar ſo a dh' eidir-theangaichear ainm) 'n an aghaidh, ag iarraidh an t uachdaran a thionndadh o 'n chreidimh.

9 Ann ſin air bhi do Shaul (*d'an goir'ear* fòs Pòl) làn do 'n Spiorad naomh, agus a' beachdachadh gu geur air,

10 A dubhairt sè, O thuſa a 'ta làn do 'n uile cheilg, agus do 'n uile dhroch-bheirt, a mhic an diabhoil, a nàmhaid na h uile fhìreantachd, nach ſguir thu do fhiaradh ſlighidh dìreach an Tighearna ?

11 Agus fèuch a noiſe, ata làmh an Tighearn' ort, agus bithidh tu dall, gun a' ghrian fhaicſin ré tamuill. Agus air ball thuit ceò agus dorchadas air ; agus a' tionndadh m'an cuairt dh'iarr è dream a threòraicheadh air làimh è.

12 Ann ſin 'n uair a chunnaic an t uachdaran an ni a rinneadh, chreid è, air dha bhi làn iongantais re teagaſg an Tighearna.

13 Agus air gabhail luinge do Phòl agus d'a chuideachd o Paphos, thainig iad gu Perga na Pamphilia : agus air do Eoin am fàgail, phill è gu Hieruſalem.

14 Ach

* rinn sè òraid doibh,

14 Ach air dhoibhſe im'eachd o Pherga, thainig iad gu Antioch na Piſidia, agus chuaidh iad a ſteach do 'n t ſionagog air là na sàbaid', agus ſhuidh iad.

15 Agus taireis leughadh an lagha agus nam fàidhean, chuir uachdarain na ſionagoige d' an ionnſuidh, ag radh, Fheara *agus* a bhràithre, ma 'ta focal earail agaibh do 'n t ſluagh, abraibh è.

16 Ann ſin 'n uair a ſheas Pòl ſuas agus a ſmèid è orra le làimh iad a bhi 'n an toſd, a dubhairt sè, Fheara Iſraeil, agus ſibhs' air am bheil eagal De, eiſdibh.

17 Thagh Dia a' phobuill ſo Iſraeil ar n aithreacha, agus dh' àrdaich sè 'm pobull 'n uair a bha iad air choigrich ann an talamh na h Eipht, agus le làimh àrd thug sè iad amach aiſde.

18 Agus mu thimchioll ùine dhà fhichead bliadhna ghiùlain sè le 'm beuſaibh ann ſan fhàſach.

19 Agus 'n uair a ſgrios è ſeachd cinnich ann tìr Chanaan, roinn sè am fearann orra-ſan le crann.

20 Agus 'n a dhiaigh ſin mu thimchioll ceithir cheud agus leth-cheud bliadhna, thug sè *dhoibh* breitheamhuin, gu Samuel am fàidh.

21 Agus 'n a dhiagh ſin dh'iarr iad righ: agus thug Dia dhoibh Saul mac Chis, duine do threibh Bheniamin, rè dhà fhichead bliadhna.

22 Agus air dha eiſean atharrachadh, thog è ſuas Daibhidh gu bhi 'n a righ dhoibh; d' an d'thug sè fòs fia'nais, ag radh, Fhuair mi Daibhidh *mac* Ieſſe, duine a reir mo chroidhe fein, a ni m' uile thoil.

23 Do ſhiol an duine ſo thog Dia ſuas do Iſrael a reir *a* gheallaidh, ſlanui'-fhear, *eadhon* Ioſa:

24 Air do Eoin roimh a theachdſan, baiſdeadh an aithreachais air tùs a ſhearmonachadh do phobull Iſraeil uile.

25 Agus mar a choi'-lion Eoin a chùrſa, a dubhairt sè, Co ata ſibh a' ſaoilſin is miſe? Cha mhiſe è. Ach tèuch, ata neach ag teachd a'm' dhiaigh, nach fiu mi bròga a chos fhuaſgladh.

26 Fheara *agus* a bhràithre, a chlann gineil Abraham, agus a mheud agaibh air am bheil eagal De, 's ann chugaibhs' a chuireadh focal na ſlàinte ſo.

27 Oir iadſan a 'ta chomhnuidh ann Ierusalem, agus an uachdarain, air dhoibh bhi ain-eolach air ſin, agus air foclaibh nam fàidhean a 'ta air an leughadh gach sàbaid, le *eiſean* a dhìteadh choi'-lion ſiad *iad*.

28 Agus ge nach d' fhuair iad coire bàis air bith *ann*, dh' iarr iad air Pilat gu'n cuirteadh eiſean gu bàs.

29 Agus 'n uair a choi'lion iad na h uile nithe bha ſgriobhta mu thimchioll, thug iad anuas o'n chrann è, agus chuir ſiad ann an uaigh *è*.

30 Ach thog Dia ſuas o na marbhaibh è:

31 Agus chunncas è rè mòran làith' leo-ſan a chuaidh ſuas maille ris o'n Ghalilee gu Hieruſalem, dream a 'ta 'n am fia'naiſibh dha-ſan do'n phobull.

32 Agus ata ſinne * a' foiſgeulachadh dhuibhſe a' gheallaidh, a rinneadh do na h aithreachaibh,

33 Gu 'n do choi'-lion Dia ſo dhuinne an clann, a mhèud gu'n do thog è ſuas Ioſa a-rìs; mar ata è ſgriobhta mar an ceudna ſan dara ſalm, Is tu mo Mhac-ſa, an diu do ghin mi thu.

34 Agus *mar dhearbhadh* gur thog sè ſuas è o na marbhaibh, gun

* ag innſeadh deadh ſgéil' duibhſe *eadhon* an gealladh, &c.

gun è a philleadh air ais tuilleadh chum truaill'eachd, a dubhairt è mar ſo, Bheir miſe dhuibh * tròcaire cinnteach Dhaibhidh.

35 Uime ſin a deir sè mar an ceudna ann an *ſalm* eile, Cha 'n fhulaing thu do d' Aon naomha gu 'm faic sè truaill'eachd.

36 Oir taireis do Dhaibhidh a ghinealach fein a riarachadh do reir toil Dhe, choidil sè, agus chuireadh chum athracha è, agus chunnaic sè truaill'eachd:

37 Ach an ti a thog Dia ſuas, cha 'n fhaca sè truaill'eachd.

38 Uime ſin biodh fhios agaibh-ſe, fheara *agus* a bhràithre, gur ann tre 'n duine ſo ata maitheanas peacaidh air a ſhearmonachadh dhuibh:

39 Agus trìd-ſin ata gach uile neach a chreideas air a ſhaoradh o gach uile nithibh, o nach raibh è 'n comas duibh bhi air bhur ſaoradh le lagh Mhaois.

40 Thugaibh aire uime ſin, nach d' thig oirbh an ni a'ta air a radh ann ſna fàidhibh,

41 Fèuchaibh, a luchd-tarcuis, agus gabhaibh iongantas, agus rachadh as duibh: oir oibricheamſa obair ann bhur laithibh-ſe, obair nach creid ſibh idir, ge do chuireadh duine ann céill duibh è.

42 Agus 'n uair a chuaidh na h Iudhaich amach as an t ſionagog, ghuidh na Geintilich gu 'n rachadh na briathra ſo a labhairt riu fein an t sàbaid 'n a dhiaigh ſin.

43 'Noiſe 'n uair a ſgaoil an coi'-thional, lean mòran do na h Iudhachaibh agus do na proſelitich chràbhach Pòl agus Barnabas; agus labhair iadſan riu, agus chuir iad impidh orra fuireach ann an gràs Dhe.

44 Agus air an là sàbaid' a b' fhoigſe, 's beag nach do chruinnich-am baile gu h iomlan a dh' eiſdeachd focail De.

45 Ach 'n uair a chunnairc na h Iudhaich na flòigh, lionadh iad le h èud, agus labhair iad ann aghaidh nan nithe ſin a labhradh le Pòl, a' labhairt 'n an aghaidh agus a' blaiſphemeadh.

46 Ann ſin dh' fhàs Pòl agus Barnabas dàna agus a dubhairt ſiad, B' eigin focal De bhi air a labhairt ribhſe air tùs: ach do bhri' gur chuir ſibh cùl ris, agus gur i bhur breith oirbh fein nach fiu ſibh a' bheatha mhairtheanach, fèuch, ata ſinne a' pilleadh chum nan Geintileach.

47 Oir is mar ſin a dh'àithn an Tighearna dhuinn, *ag radh*, Chuir mi thu mar ſholus do na Geintileachaibh, chum gu'm bitheadh tu mar ſhlàinte gu iomall na talmhain.

48 Agus 'n uair a chuala na Geintilich ſo, rinn iad gàirdeachas, agus ghlòraich ſiad focal an Tighearna: agus chreid a mheud 's a bha òrduichte chum na beatha mairtheanaich.

49 Agus ſgaoileadh focal an Tighearna feadh na tìre uile.

50 Ach bhroſnaich na h Iudhaich na mnài chràbhach agus onorach, agus † daoin' uaiſle na cathrach, agus thog iad geur-leanmhuin air Pòl agus Barnabas, agus thilg ſiad amach as an criochaibh iad.

51 Ach chrath iadſan duſlach an cos dhiubh 'n an aghaidh, agus thainig iad gu Iconium.

52 Agus bha na deiſciobuil air an lionadh le h aoibhneas, agus leis an Spiorad naomh.

CAIB. XIV.

1 *'Ta Pòl agus Barnabas air an dianruagadh o Iconium: 8 Ata Pòl aig Liſtra a' leigheas a' chrioplaich: uime ſin mheaſadh iad 'n an déibh.*

19

* nithe naomha.

† priomh-dhaoine.

19 *Ghabhadh do chlochaibh air Pòl:*
21 *chuaidh iad tìrd iomadh eaglais,*
a' daingneachadh nan deisciobul ann
an creidimh agus ann am foighidin:
26 *agus air pilleadh gu h Antioch*
dhoibh, dh' airis iad na nithe a rinn
Dia leo.

AGUS tharladh ann Iconium, gu'n deachaidh iad faraon a steach do shionagog nan Iudhach, agus gur labhair iad air an dòigh sin, gu'n do chreid cuideachd mhòr do na h Iudhachaibh, agus fòs do na Greugachaibh.

2 Ach bhrosnaich na h Iudhaich mhi-chreid'each, agus lion iad do dhroch-rùn inntin nan cinneach ann aghaidh nam bràithre.

3 Uime sin dh'fhan iad aimsir fhada a' labhairt gu dàna mu thimchioll an Tighearna, a rinn sia'nais do fhocal a ghràis, agus a thug fainear comharthaidh agus miorbhuile bhi air an deanamh le'n làmhaibh-sin.

4 Ach bha sluagh a' bhaile air an roinn: agus bha cuid aca leis na h Iudhachaibh, agus cuid eile leis na h abstolaibh.

5 Agus 'n uair a thugadh ionnsaidh araon leis na Geintileachaibh, agus fòs leis na h Iudhachaibh, maille r'an uachdaranaibh, chum *iadsan* a mhaslachadh, agus gabhail do chlochaibh orra,

6 'N uair a thuig iadsan *so*, theich iad gu Listra agus Derbe, bailte do Licaonia, agus chum na dùthcha m'an cuairt.

7 Agus bha iad a' searmonachadh an t soisgeil ann sin.

8 Agus bha ann Listra duine àraidh gun lùth 'n a chosaibh 'na shuidhe, a bha bacach o bhroinn a mhàthar, neach nach d' imich riamh.

9 Chual' eisean Pòl a' labhairt: neach air dhà amharc gu geur air, agus a thuigsin gu raibh creidimh aige chum a leigheas,

10 Dubhairt sè le guth àrd, Seas suas gu dìreach air do chosaibh. Agus leum eisean agus dh'imich sè.

11 Agus 'n uair a chunnaic an sluagh an ni do rinn Pòl, thog iad an guth, ag radh ann an cànmhuin Licaonia, Ata na D e air teachd a nuas anu cos'las dhaoine d'ar n ionnsuidh-ne.

12 Agus ghoir iad do Bharnabas, Iupiter; agus do Phòl, Mercurius, do bhri' gur b' è am priomhfhear-labhairt è.

13 Ann sin thug sagart Iupiter a bha fa chomhair an càthrachsan, tairbh agus * blàth-fhleasgaidh chum nan geataidh, agus b' àill leis ìobairt a dheanamh maille ris an t sluagh.

14 Ach 'n uair a chuala na h abstoil Barnabas agus Pòl *so*, reub iad an eadach, agus ruidh iad a steach am measg an t sluaigh, ag éigheach,

15 Agus ag radh, A dhaoine, c'ar son ata sibh a' deanamh nan nithe so? oir is daoine sinne, † cosmhuil ribh fein thaobh fulangais, a' searmonachadh dhuibhse, pilleadh o na nithibh diomhaoin sin chum an De bheo, a rinn neamh, agus an talamh, agus an cuan, agus na h uile nithe a 'ta annta:

16 Neach ann sna linnibh a chuaidh seachad, a dh' fhulaing do na h uile chinneachaibh im'eachd 'n an slighibh fein.

17 Gidheadh, cha d'fhàg sè è fein gun fhia'nais, a' deanamh maitheis, agus a' toirt dhuinne ‡ feurthuinn o neamh, agus aimsire tarbhach, a' lionadh ar croidheacha le biadh agus le subhachas.

18 Agus ag radh na' nithe so dhoibh, is gann a chum iad am pobull gun ìobairt a dheanamh dhoibh.

19 Agus

* Ius-chrùna. † aig am bheil co'-aigneadh ribh fein. ‡ uisge.

19 Agus thainig Iudhaich o Antioch agus o Iconium, agus chomhairlich iad an fluagh, agus air gabhail do chlochaibh air Pòl, tharruing iad amach as a' bhail' è, a' faoilfin gu raibh è marbh.

20 Ach air feafamh do na deifciobluibh m'a thimchioll, dh' eirich sè, agus chuaidh è a fteach do 'n bhaile: agus air an là marach dh' imich è maille re Barnabas gu Derbe.

21 Agus 'n uair a fhearmonaich iad an foifgeul do'n bhaile fin, agus a rinn iad mòran dheifciobul, phill iad gu Lifira, agus Iconium, agus Antioch,

22 A' neartachadh anama nan deifciobul, *agus* ag * earail orra buanachadh fa chreidimh, agus *a' teagafg* gur ann tre iomadh triobloid is eigin duinn dol a ftigh do rioghachd Dhe.

23 Agus an uair a dh'òrduich iad feanoiridh dhoibh ann s gach eaglais, agus a rinn iad ùrnuigh maille re trofga', dh' earb fiad iad ris an Tighearn', ann s an do chreid iad.

24 Agus taireis dhoibh dol tre Phifidia, thainig iad gu Pamphilia.

25 Agus air dhoibh am focal a labhairt ann am Perga, chuaidh iad fios gu h Attalia:

26 Agus fheòl iad as fin gu Antioch, *an t àite* o'n d'earbadh iad re gràs Dhe, chum na h oibre a choi'-lion iad.

27 Agus 'n uair a thainig iad, agus a chruinnich iad an eaglais ann ceann a chéile, dh' aithris iad mèud nan nithe a rinn Dia leo, agus gu'n d' fhofgail sè dorus creidimh do na Cinneachaibh.

28 Agus dh' fhan iad ann fin aimfir nach bu bheag maille ris na deifciobluibh.

CAIB. XV.

1 *Ata connfacha' mòr ag eirigh mu thimchioll an timchioll-ghearradh:*

6 Ata na h abftoil ag cumail comhairle m'an chùis fin, 22 *agus ag cur òrduigh na comhairle ann litrichibh chum nan eaglaifean.* 36 *Air do Phòl agus do Bharnabas bhi a' fmuaintedchadh air dol faraon a dh' amharc am bràithre, chuir iad amach air a chéile, agus dhealaich iad.*

AGUS theagaifg dream àraidh a thainig anuas o Iudea, na bràithre, *ag radh*, Mur timchioll-ghearrar fibh a reir † nòs Mhaois, ni 'm bheil è 'n comas duibh bhi air bhur sàbhaladh.

2 Uime fin air do Phòl agus do Bharnabas connfachadh agus deasboireachd nach bu bheag a bhi aca riu, dh' òrduich iad Pòl agus Barnabas, agus dream àraidh eile dhiubh fein, a dhol fuas chum nan abftol agus nan feanoiridh gu Hierufalem mu thimchioll na ceifde fo.

3 Agus air dhoibh bhi air an toirt air an aghaidh leis an eaglais, chuaidh iad tre Phenice, agus Shamaria, ag cur ann céill iompochadh nan Cinneach: agus thug iad aoibhneas mòr do na bràithribh uile.

4 Agus 'n uair a thainig iad gu Hierufalem, ghabhadh riu leis an eaglais, agus na h abftolaibh agus na feanoiribh, agus dh' innis iad mèud nan nithe a rinn Dia leo-fan.

5 Ach dh' eirich dream àraidh do bhar'ail nam Phairifeach a bha 'n an creidmhich, ag radh, Gur còir an timchioll-ghearradh, agus àithneadh *dhoibh* lagh Mhaois a choimhead.

6 Agus thainig na h abftoil agus na feanoiridh ann ceann a chéile a dh' fheuchain mu'n chùis fo.

7 Agus taireis mòrain deasboireachd, dh' eirich Peadar agus a dubhairt sè riu, Fhears *agus* a bhràithre, ata fhios agaibh gu 'n d' rhin Dia o chian, roghainn 'n ar

Ee † meafg.

* guidheadh. † gnàtha.

measg-ne, gu 'n cluinneadh na Geintilich o m' bheul-sa focal an tsoisgeil, agus gu 'n creideadh iad.

8 Agus rinn an Dia d'an aithneadh an croidhe, fia'nais dhoibh, a' tabhairt an Spioraid naoimh dhoibh, mar *thug è* fos dhuinne ;

9 Agus cha do rinn se eidirdhealachadh eidir sinne agus iadsan, a' glanadh an croidhe le creidimh.

10 C'ar son uime sin a nois' ata sibh a' cur cathachaidh air Dia, le cuing a chur air muineal nan deisciobul, nach raibh aon chuid ar n aithreacha no sinne comasach air a giulan ?

11 Gidheadh ata sinn a' creidsin, tre ghràs an Tighearna Iosa Criosd, gu sàbhalar sinn amhuil mar iadsan.

12 Ann sin dh' fhan a' chuideachd uile 'n an tosd, agus thug iad eisdeachd do Bharnabas agus do Phòl, ag innseadh mèud nan comharth' agus nam miorbhuile a rinn Dia leo-san am measg nan Cinneach.

13 Agus taireis dhoibh tosd, fhreagair Seumas, ag radh, Fheara *agus* a bhràithre, eisdibh riumsa.

14 Chuir Simeon ann céill cionnas a dh' fhiosraich Dia na Geintilich air tùs, le pobull a ghabhail o am measg d'a ainm fein.

15 Agus da so ata briathra nam faidhean a' coi'-fhreagairt; a reir mar ata è sgriobhta,

16 'N diaigh so pillidh mi, agus togaidh mi suas a-ris pàilliun Dhaibhidh, a'ta air tuiteam : agus togaidh mi a-ris an ni a thuit deth, agus cuiridh mi suas è :

17 Chum gu 'n iarradh fuigheall nan daoine an Tighearna, agus na h uile chinnich, air an goir'ear m' ainm-se, a deir an Tighearna, a'ta deanamh na' nithe sin uile.

18 Ata fios oibridh fein uile aig Dia o thoiseach an t saoghail.

19 Uime sin is i mo bhreith, gun sinn a chur * mi-shuaimhneas otrasan do na Cinneachaibh, a'ta air pilleadh chum Dhe :

20 Ach sinn a sgriobhadh d' an ionnsuidh, iad a sheachnadh truaill'eachd iodhola, agus striopachais, agus ni tachdta, agus fola.

21 Oir ata aig Maois o na linnibh cian ann sgach baile daoine a'ta 'g a shearmonachadh, air dha bhi air a leughadh gach là sabaid' ann sna sionagogaibh.

22 Ann sin chunncas do na h abstolaibh agus do na seanoiribh maille ris an eaglais uile, daoine taghta dhiubh sein a chur gu Antioch, maille re Pòl agus Barnabas ; *eadhon*, Iudas d'an co' ainm Barsabas, agus Silas, daoine inbheach am measg nam bràithre :

23 Agus sgriobh iad litriche leo air an doigh so, Ata na h abstoil, agus na seanoiridh, agus na bràithre ag cur beannachd chum nam bràithre do na Cinneachaibh a'ta ann Antioch, agus ann Siria, agus ann Cilicia.

24 Do bhri' gu'n cuala sinne, gu 'n do chuir dream àraidh a chuaidh uainne mi-shuaimhneas oirbh le briathraibh, ag † atharrachadh bhur inntin, ag radh, *Cur cèir dhuibh* bhi air bhur timchioll-ghearradh, agus an lagh a choimhead ; do nach d' thug sinne *a leithid sin a dh'* àithne :

25 Chunncas duinne, air dhuinn bhi cruinn a dh' aon toil, daoine taghta a chur d'ar ionnsuidhse, maille r'ar *bràithribh* gràdhach Barnabas agus Pòl ;

26 Daoine a thug an anama fein air son ainm ar Tighearna Iosa Criosd.

27 Chuir sinn uime sin Iudas agus Silas uainn, a dh'innseas *duibh* na nithe ceudna le cainnt bheoil.

28 Oir chunncas do 'n Spiorad naomh,

* dragha. † curbhur n inntin bun os cionn.

naomh, agus dhuinne, gun ni air bith tuilleadh a chur oirbh a dh' uallaich ach na nithe feumail fo;

29 Sibh a fheachnadh nithe a chuaidh ìobradh do iodhalaibh, agus fola, agus ni tachdta, agus ftriopachais: uatha fo ma choimheadas fibh fibh fein, ni fibh gu maith. Slàn libh.

30 Uime fin 'nuair a leigeadh uatha iad, thainig iad gu h Antioch: agus air cruinneachadh an t fluaigh dhoibh, thug iad feachad an lifir.

31 Agus 'nuair a leugh iad *fin*, rinn iad gâirdeachas air fon na comh-fhurtachd.

32 Agus air bhi do Iudas agus do Shilas 'nam fàidhibh iad fein, le mòran bhriathraibh dh' earailich, agus neartaich iad na bràithre.

33 Agus air fuireach rè ùine dhoibh, leigeadh air falbh ann sìth iad o na bràithribh chum nan abftol.

34 Gidheadh chunncas do Shilas comhnuidh a dheanamh ann fin.

35 Dh' fhan Pòl fòs agus Barnabas ann Antioch, a' teagafg agus a' fearmonachadh maille re mòran eile mar an ceudna, focal an Tighearna.

36 Agus ann diaigh làith' àraidh, a dubhairt Pòl re Barnabas, Pilleamaid agus faiceamaid ar bràithre, ann sgach baile ann do fhearmonaich finn focal an Tighearna, cionnas ata iad.

37 Agus b'àill le Barnabas iad a thoirt Eoin, d'an co'-ainm Marcus leo.

38 Ach nior mheas Pòl gu'm bu chòir dhoibh eifean, a dh' fhalbh uatha o Phamphilia, agus nach deachaidh maille riu chum na h oibre, a thoirt leo.

39 Dh' eirich uime fin connfpoid eatorra co'-dian, as gu 'n do fgaradh o chéile iad: agus mar fin thug Barnabas leis Marcus, agus chuaidh è air luing gu Ciprus;

40 Ach thagh Pòl Silas, agus dh' imich è, air dha bhi air earbfa re gràs De leis na bràithribh.

41 Agus fhiubhail è tre Shiria agus Chilicia, * a' neartachadh nan eaglaife.

CAIB. XVI.

1 *'Ta Pòl a' timchioll-ghearradh Thimoteus: 7 air a ghairm leis an Spiorad o dhùthaich gu dùthaich; 14 ag iompochadh Lidia: 16 a' tilgeadh amach fpioraid fiofachd: 19 uime fin ata è fein agus Silas air an fgiùrfadh, agus air an cur am prìofun. 26 Ata dorfaidh a' phrìofuin air am fofgladh, agus an dorfoir air iompochadh. 35 Ata iadfan air an cur fa fgaoil.*

ANN fin thainig è gu Derbe agus Liftra: agus feuch, bha deifciobul àraidh ann fin, d' am b' ainm Timoteus, mac mnà àraidh do 'n chinneach Iudhach, a bha 'na creidmheach; ach bu Ghreugach a b' athair dha:

2 A bha fa dheadh ainm aig na bràithribh a bha ann Liftra agus ann Iconium.

3 Bha toil aig Pòl am fear fo a dhol amach maille ris; agus ghabh è agus thimchioll-ghearr sè è, air fon nan Iudhach a bha ann fna h àitibh fin: oir bha fios ac' uile gur bu Ghreugach athair.

4 Agus mar a fhiubhail iad tre na bailtibh, thug iad doibh na h òrduighean r'an coimhead, a dh' òrduicheadh leis na h abftolaibh agus na feanoiribh a bha ann Ierufalem.

5 Agus mar fin bha na h eaglaifean air an daingneachadh ann fa chreidimh, agus mhèudaicheadh iad gach là ann àireamh.

6 'Noife 'nuair a chuaidh iad tre Phrigia,

* a' daingneachadh,

Phrigia, agus tìr na Galatia, agus a bhacadh dhiubh leis an Spiorad naomh am focal a labhairt san Asia,

7 Tàireis dhoibh teachd gu Misia, dh' fheuch iad re dol gu Bitinia: ach cha do leig an Spiorad leo.

8 Agus air dhoibh gabhail seachad air Misia, chuaidh iad sios gu Troas.

9 Agus chunncas taisbean le Pòl san oidhche: Sheas duine àraidh o Mhacedonia, agus ghuidh sè air, ag radh, Thig thairis gu Macedonia, agus dean congnamh leinne.

10 Agus 'n uair a chunnairc è an taisbean, air ball dh' iarr sinn dol thairis gu Macedonia, ag dearbhtuigsin, gur ghairm an Tighearna sinn chum an soisgeul a shearmonachadh dhoibh.

11 Uime sin air dhuinn lòng a ghabhail o Throas, thainig sinn gu dìreach gu Samotracia, agus air *an là* 'na dhiaigh sin gu Neapolis;

12 Agus o sin gu Philippi, priomh-bhaile na cuid sin do Mhacedonia, *agus bu* cholamhuin *è:* agus bha sinn a chomhnuidh ann sa bhaile sin làithe àraidh.

13 Agus air là na sàbaid' chuaidh sinn amach as a' bhaile re taobh aimhne, far 'am b' àbhaist * ùrnuigh a dheanamh; agus air dhuinn suidhe, labhair sinn ris na mnaibh a chruinnicheadh *ann sin.*

14 Agus dh' eisd bean àraidh ruinn d'am b' ainm Lidia, beanreiceidh purpuir, o chaithir na Tiatira, a bha deanamh àdhraidh do Dhia: neach a dh' fhosgail an Tighearna a croidhe, ionnas gu'n d' thug si aire do na nithibh a labhradh le Pòl.

15 Agus 'n uair a bhaisteadh i, agus a teaghlach, ghuidh si *oirn'*, ag radh, Ma mheas sibh mise bhi dileas do'n Tighearna, thigibh a steach do m' thigh, agus deanaibh comhnuidh *ann.* Agus choi'-éignich i sinn.

16 Agus tharladh, ag dol dhuinne chum ùrnuigh, gur thachair oirn' ban-tràill àraidh, aig an raibh spiorad fiosachd, a thug mòr-bhuannachd d'a maighisdiribh le fiosachd a dheanamh:

17 Lean ise Pòl agus sinne, agus ghlaodh si, ag radh, 'Siad na daoine so seirbhisich an De a's ro-àirde, a'ta a' nochdadh dhuinne slighe na slainte.

18 Agus rinn i so rè mòrain do laithibh. Ach air do Phòl a bhi doilich, thionndaidh è agus a dubhairt è ris an spiorad, Ata mi toirt òrduigh dhuit ann an ainm Iosa Criosd dol amach aisde. Agus chuaidh è 'mach air an uair sin fein.

19 Agus 'n uair a chunnaic a maighistirean gu 'n d' fhalbh † dòchas am buannachd, rug iad air Pòl agus air Silas, agus tharruing siad do 'n mhargadh *iad,* chum nan uachdaran.

20 Agus air dhoibh an toirt chum luchd-riaghluidh *a' bhaile,* a dubhairt siad, Ata na daoine so a' buaireadh ar baile gu ro-mhòr, air dhoibh bhi 'nan Iudhaebaibh,

21 Agus ata siad a' teagasg ghnàthanna nach 'eil ceaduichte dhuinne a ghabhail, no leantuin, do bhri' gur Romhanaich sinn.

22 Agus dh' eirich an sluagh dh' aon-fheachd 'n an aghaidh: agus reub na h uachdarain an eadach diubh, agus dh' àithn iad *an* sgiùrsadh le slataibh.

23 Agus taireis doibh iomadh buille a leagadh orra, thilg siad am prìosun iad, a' toirt sparraidh do fhear-coimhead a' phrìosuin an gleidheadh gu tearuinte.

24 Neach air dha an àithne sin fhaghail, a thilg iad do'n phrìosun a b' fhaide a steach, agus dhaingnich sè 'n cosa sa cheap.

25 Agus

* do thigh ùrnuigh abhith.

† earbsa.

25 Agus mu mheadhon-oidhche air do Phòl agus do Shilas ùrnuigh a dheanamh, fheinn iad laoidh-mholaidh do Dhia: agus chuala na prìosunaich iad.

26 Agus gu h obann bha crith-thalmhain mhòr ann, ionnas gur chrathadh bunaite a' phrìosuin: agus air ball dh' fhosgladh na dorsa uile, agus dh' fhuasgladh cuibhreacha gach neach *aca*.

27 Agus air do fhear-coimhead a' phrìosuin dùsgadh a codal, agus air faicsin dorsa a' phrìosuin fosgailte, tharruing è a chloidheamh, * air tì è fein a mharbhadh, a' saoilsin gu raibh na prìosunaich air teicheadh.

28 Ach ghlaodh Pòl le guth àrd, ag radh, Na dean cron sam bith ort fein; oir ata sinn uil' ann so.

29 Agus air gairm soluis da-san, leum è steach, agus thainig è air chrith, agus thuit è sios ann làthair Phòil agus Shilais;

30 Agus air dha an tabhairt amach, a dubhairt sè, A mhaighisdiridh, ciod is còir dhamh dheanamh chum gu † sàbhalar mi?

31 Agus a dubhairt iadsan, Creid ann san Tighearna Iosa Criosd, agus slànuichear thu fein, agus do thigh.

32 Agus labhair iad focal an Tighearna ris, agus riusan uile a bha 'n a thigh.

33 Agus air dha an toirt leis air an uair sin fein do'n oidhche, nigh sè an creuchda; agus bhaisteadh è fein, agus a mhuintir uile, gun dàil.

34 Agus 'n uair a thug è d'a thigh iad, chuir è bòrd rompa, agus rinn è gàirdeachas maille r'a theaghlach uile, a' creidsin ann Dia.

35 Agus air teachd do'n là, chuir an luchd-riaghluidh na maoir uatha, ag radh, Leig air an comas na daoine sin.

36 Agus dh' innis fear-coimhead a' phrìosuin na briathra so do Phòl, Gur chuir an luchd-riaghluidh fios uatha fibhse a leigeadh as: uime sin rachaibh amach, agus im'ichibh ann sìth.

37 Ach a dubhairt Pòl riu, Taireis doibh ar sgiùrsadh gu follasach gun ar dìteadh, agus gur Romhanaich sinn, thilg iad am prìosun sinn; agus a nois' am b' àill leo ar cur amach os iosal? ni h eadh gu deimhin; ach thigeadh iad fein agus thugadh iad amach sinn.

38 Agus dh' innis na maoir na briathra sin do na h uachdaranaibh: agus ghabh iad eagal 'n uair a chual' iad gu 'm bu Romhanaich iad.

39 Agus thainig iad agus chuir iad impidh orra, agus air dhoibh *an* toirt amach, ghuidh iad *orra* im'eachd amach as a' bhaile.

40 Agus air dol amach as a' phrìosun doibh, chuaidh iad a steach do *thigh* Lidia: agus 'n uair a chunnaic iad na bràithre, thug iad comhfhurtachd dhoibh, agus dh' imich iad rompa.

CAIB. XVII.

1 *Ata Pòl a' searmonachadh aig Tessalonica,* 4 *far am bheil cuid a' creidsin, agus cuid eile a' deanamh geur-leanmhuin air:* 10 *Ata è air a chur gu Berea, agus a' searmonachadh ann sin:* 13 *'ta geur-leanmhuin air a dheanamh air,* 15 *'ta è teachd gu baile na h Aithne, agus a' deasboireachd, agus a' searmonachadh dhoibh an De bheo sin nach b' aithne dhoibh:* 34 *'ta cuid air an iompochadh gu Criosd.*

'NOISE air dhoibh im'eachd tre Amphipolis, agus Apollonia, thainig iad gu Tessalonica, far an raibh sionagog aig na h Iudhachaibh.

2 Agus mar bu ghnàth le Pòl, chuaidh è steach d' an ionnsuidh, agus air tri laithibh sàbaid' ‡ rinn è

* fa ràn. † tearnar. ‡ reusonaich sè riu.

è deasboireachd riu as na sgriobtuiribh,

3 A' fosgladh agus a' dearbhadh, gur b' eigin do Chriosd fulang, agus eirigh a-rìs o na marbhaibh: agus gur è an t Iosa so à'ta mise a' searmonachadh dhuibh, Criosd.

4 Agus chreid cuid aca, agus lean iad re Pòl agus re Silas: agus do na Greugaich chràbhach buidheann mhòr, agus do na mnaibh inbheach àireamh nach bu bheag.

5 Ach air do na h Iudhachaibh mi-chreideach bhi air am brosnachadh le h èud, ghabh iad d'an ionnsuidh droch-dhaoine àraidh do na corraibh-margaidh, agus air tional cuideachd mhòr dhiubh, chuir iad am baile uile thar a chéile, agus chuartaich iad tigh Iasoin, agus dh' iarr siad an toirt amach chum an t sluaigh.

6 Agus an tann nach d' fhuair siad iad, tharruing iad Iason, agus bràithre àraidh chum uachdaran a' bhaile, ag éigheach, Ata na daoine sin a chuir an saoghal bun os cionn, air teachd ann so mar an ceudna;

7 D'an d' thug Iason aoidheachd: agus ata iad sin uile ag cur ann aghaidh òrduigh Cheasair, ag radh, Gu bheil righ eile ann, *eadhon* Iosa.

8 Agus bhuair iad am pobull, agus uachdarain a' bhaile, 'nuair a chual' iad na nithe sin.

9 Agus air gabhail * dionachaidh dhoibh o Iason, agus o chàch, leig iad uatha iad.

10 Agus air ball chuir na bràithre Pòl agus Silas san oidhche gu Berea: agus air teachd dhoibhsin *ann sin*, chuaidh iad a steach do shionagog nan Iudhach.

11 Bha iad sin ni b' uaisle na muintir Thessalonica, oir ghabh iad am focal d'an ionnsuidh † le uile shubhachas, ag rannsachadh nan sgriobtuire gach aon là, *a dh' fhèuchain* an raibh na nithe sin mar so.

12 Uime sin chreid mòran diubh: agus mar an ceudna do mhnaibh onorach do na Greugachaibh, agus do dhaoinibh àireamh nach bu bheag.

13 Ach 'nuair a thuig na h Iudhaich o Thessalonica gur shearmonaicheadh focal De le Pòl am Berea, thainig iad ann sin mar an ceudna, a' brosnachadh an t sluaigh.

14 Ann sin air ball chuir na bràithre uatha Pòl, chum gu'n rachadh è mar gu b' ann chum na fairge: ach dh' fhan Silas agus Timoteus ann sin fos.

15 Agus threòraich luchd-coimheadachd Phòil è gu *baile na b* ‡ Aithne: agus air faghail àithne dhoibh gu Silas agus Timoteus, iad a theachd d'a ionnsuidhse mar bu luaithe, dh' imich iad rompa.

16 'Noise 'm feadh a bha Pòl a' feitheamh riu san Aithne, bha a spiorad air a § bhrosnachadh ann do bhri' gu'm facadh è am baile làn iodhol-àdhraidh.

17 Air an àdhbhar sin rinn è deasboireachd ris na h Iudhachaibh agus ris na daoinibh cràbhach ann san t sionagog, agus air a' mhargadh gach là riu-san a thachair air.

18 Ann sin thug ‖ feallsaidh àraidh do na h Epicurachaibh, agus do na Stoicibh, aghaidh air; agus a dubhairt cuid, Ciod a b' àill leis an fhear bhith-bhriathrach so a radh? a dubhairt cuid eile, Is cosmhuil gu bheil è a' searmonachadh dhée coimheach: do bhri' gur shearmonaich è dhoibh Iosa, agus an ais-eirigh.

19 Agus rug iad air, agus thug iad leo è gu Areopagus, ag radh, Am feud sinn fios fhaghail ciod è an teagasg nuadh so, a labhrar leat?

20 Oir ata thu toirt nithe àraidh ** nuadh chum ar cluas: b' àill linn uime

* urrais, † leis an uile thogradh.
‖ daoine fòghlumta. ** neo-ghnathach.
‡ *Athens*. § bhuaireadh.

uime sin fios fhaghail ciod is ciall doibh sin.

21 (Oir cha do chaith muintir na h Aithne uile agus a' choigrich a bha air chuairt 'nam measg, an ùine re ni air bith eile, ach re innseadh, no re cluinntin nuaidheachd eigin.)

22 Ann sin air seasamh do Phòl am meadhon Areopagus, a dubhairt sè, A mhuintir na h Aithne, ata mi faicsin gu bheil sibh ann sna h uile nithibh cràbhach thar tomhas.

23 Oir air dhamh bhi dol seachad, agus ag amharc air bhur nithibh naomha, fhuair mi altair air an raibh an sgriobha so, DO'N DIA NEO-AITHNICHTE. Uime sin eisean d' am bheil sibh a' deanamh àdhraidh gun èolas agaibh air, is e ata mise a' searmonachadh dhuibh.

24 An Dia a rinn an saoghal, agus gach uile nithe a'ta ann, do bhri' gur è fein Tighearna nèimh' agus na talmhain, ni bheil sè gabhail comhnuidh ann an teampluibh làmh-dheanta:

25 Ni mò a bheir'ear àdhra' dha le làmhaibh dhaoine, mar gu'm biodh uireasbhuidh ni sam bith air, Oir is è fein a'ta tabhairt do gach uile beatha, agus anail, agus nan uile nithe;

26 Agus rinn è dh' aon fhuil, uile chinnich dhaoine, chum iad a ghabhail comhnuidh air aghaidh na talmhain uile, agus * shunraich è na h amanna roimh-òrduichte, agus criochanna àn àite-comhnuidh.

27 Chum gu'n iarradh iad an Tighearna, dh' fhèuchain an tarladh dhoibh, le mìn-rannsachadh, gu 'm fuigheadh iad è, ge nach 'eil è fada o gach aon againn:

28 Oir is ann-san ata sinn beo, agus a' gluasachd, agus ata ar bith againn; mar a dubhairt mar an ceudna dream àraidh d'ar bàrdaibh fein, Oir is sinne fòs a ghineal-san.

29 Uime sin do bhri' gur sinn gineal De, cha bu chòir dhuinn a shaoilsin gu bheil an Diadhachd cosmhuil re h òr, no re h airgiod, no re cloich, nithe a ghràbhaladh le ealadhain agus innleachd dhaoine.

30 'Noise air do Dhia amharc thairis air aimsiribh an ain-eolais so, ata è 'noise 'g àithneadh do gach uile ann sgach àite aithreachas a dheanamh:

31 Do bhri' gur † shunraich sè là ann s an toir è breith air an t saoghal am fìreantachd, tre 'n duine *sin* a dh' òrduich è; agus air so thug è dearbhadh do na h uile dhaoinibh, le eisean a thog'ail suas o na marbhaibh.

32 Agus 'n uair a chual' iad mu ais-eirigh nam marbh, rinn cuid aca fanoid: ach a dubhairt cuid eile, Eisdidh sinn riut a-rìs mu 'n ni so.

33 Agus mar sin chuaidh Pòl amach as am meadhon.

34 Gidheadh, lean cuid do dhaoinibh ris, agus chreid iad: 'n am measg so bha Dionisius an t Areopagiteach, agus bean d'am b' ainm Damaris, agus dream eile maille riu.

CAIB. XVIII.

1 *Ata Pòl re obair le a làmhaibh fein, agus a' searmonachadh do na Geintileachaibh ann Corintus:* 9 *Ata 'n Tighearna toirt misnich dha ann an taisbean:* 12 *ata sè air ‡ eileachadh ann làthair an uachdarain Ghallio, ach air a leig' as:* 18 *'n a dhiaigh sin, a' dol o bhaile gu baile, 'ta sè neartachadh nan deisciobul.* 24 *Air do Apollos bhi air a theagasg ni 's diong'alta le Acuila agus Priscilla, ata sè a' searmonachadh Chriosd ni 's eifeachdaiche.*

'NDiaigh nan nithe so, dh'fhàg Pòl baile na h Aithne, agus thainig è gu Corintus;

2 Agus fhuair è Iudhach àraidh d' am b' ainm Acuila, a rugadh am Pontus,

* shuidhich,

† dh' òrduich. ‡ a chasaid, agair,

Pontus, air ùr-theachd as an Eadailt, maille r'a mhnaoi Priſcilla, (do bhri' gu 'n d' òrduich Claudius do na h Iudhachaibh uile an Ròimh fhàgail) agus thainig è d'an ionnſuidh.

3 Agus do bhri' gu 'n raibh è a dh' aon cheird riu, dh' fhanſè maille riu, agus bha sè ag obair (oir bu cheird doibh bhi deanamh phàilliuna)

4 Agus rinn sè reuſonachadh ann ſan t ſionagog gach aon là sàbaid', agus * chomhairlich sè gu h eifeachdach Iudhaich agus Greugaich.

5 Agus 'n uair a thainig Silas agus Timoteus o Mhacedonia, bha Pòl air a theannadh 'na ſpiorad, agus rinn sè fia'nais do na h Iudhachaibh, gur b'è Ioſa an Crioſd.

6 Agus 'n uair a chuir iad 'na aghaidh, agus a labhair iad blaiſpheme, chrath sè eadach, agus a dubhairt sè riu, *Biodh* bhur fuil air bhur ceann fein; *ata* miſe glan: a ſo ſuas theid mi chum nan Cineach.

7 Agus chuaidh è as ſin, agus thainig è gu tigh duine àraidh, d' am b' ainm Iuſtus, a bha deanamh àdhraidh do Dhia, agus aig an raibh a thigh làimh ris an t ſionagog.

8 Agus chreid Criſpus, priomhuachdaran na ſionagoige ann ſan Tighearna, maille r'a theaghlach uile: agus chreid mòran do na Corintianachaibh, air dhoibh eiſeau eiſteachd, agus bhaiſteadh iad.

9 Ann ſin a dubhairt an Tighearna re Pòl ann an taisbean ſan oidhche, Na biodh eagal ort, ach labhair, agus na bi d' thoſd:

10 Oir ata miſe maille riut, agus cha toir duine air bith ionnſuidh ort, chum do chron a dheanamh: oir ata mòr-ſhluagh agamſa ann ſa bhaile ſo.

11 Agus dh' fhan è bliadhna agus ſea mìoſa, ag teagaſg focal De 'n am meaig.

12 Agus 'n uair a bha Gallio 'n a uachdaran air Achaia, dh' eirich na h Iudhaich a dh' aon inntin ann aghaidh Phòil, agus thug iad è gu caithir a' bhreitheanais,

13 Ag radh, 'Ta 'n duine ſo comhairleachadh dhaoine àdhradh a dheanamh do Dhia ann aghaidh an lagha.

14 Agus 'n uair a bha Pòl dol a dh' fhoſgladh a bhéil, a dubhairt Gallio ris na h Iudhachaibh, Nam b' eacoir no droch-gniomh a bhiodh ann, O Iudhacha, bu reuſonta gu 'n giulaininn libh:

15 Ach ma's ceiſd ata ann timchioll fhocla agus ainmeanna, agus bhur lagha fein, amhaircibh fein air ſin; oir ni h àill leamſa bhi m' bhreitheamh air an leithidibh ſin do nithibh.

16 Agus dh' fhuadaich sè iad o chaithir a' bhreitheanais.

17 Ann ſin rug na Greugaich uile air Soſtenes, priomh-uachdaran na ſionagoige, agus ghabh iad air ann làthair caithir a' bhreithea'nais: agus cha do ghabh Gallio ſuim do ni ſam bith dhiubh ſin.

18 Agus dh' fhan Pòl *fòs* ùine mhaith *ſa bhaile ſin*, agus ann ſin taireis a chead a ghabhail do na bràithribh, chuaidh è air luing o ſin gu Siria, agus maille ris-ſin Priſcilla agus Acuila; taireis *a* cheann a † bhearradh ann Cenchrea: oir bha mòid air.

19 Agus thainig è gu h Epheſus, agus dh' fhàg se iadſan ann ſin: ach chuaidh è fein a ſteach do'n t ſionagog, agus reuſonaich è ris na h Iudhachaibh.

20 Agus 'n uair a dh' iarr iad *air* fuireach maille riu ùine ni b' fhaide, cha d' aontaich sè:

21 Ach ghabh è a chead diubh, ag radh, Is eigin dhamh air gach aon chor an fhéiſd ſo a 'ta teachd a choimead ann Ierulalem: ach pillidh mi a-rìs d'ar ionnſuidhſe, ma's

* chuir è impidh air.

† a lomadh.

ma's toil le Dia. Agus fheòl è o Ephesus.

22 Agus thainig è tìr aig Ceasarea, agus air dha dol suas agus fàilt' a chur air an eaglais, chuaidh è sios gu h Antioch.

23 Agus 'n uair a dh'fhan è rè tamuill *ann sin*, dh' imich è, agus chuaidh è ann diaigh a chéile tre thìr Ghalatia uile agus Phrigia, a' neartachadh nan deisciobul uile.

24 Agus thainig gu h Ephesus Iudhach àraidh d'am b' ainm Apollos, a rugadh ann Alecsandria, duine deas-bhriathrach, agus cumhachdach ann sna sgriobtuiribh.

25 Bha 'n duine so air a theagasg ann sligh an Tighearna; agus air dha bhi * dian 'n a spiorad, labhair agus theagaisg è gu dìchiollach na nithe a bhuineadh do 'n Tighearna, agus gun eòlas aige ach air baisdeadh Eoin amhàin.

26 Agus thòsaich è air labhairt gu dàna san t sionagog. Agus air a chluinntin do Acuila agus do Phriscilla, ghabh iad d'an ionnsuidh è, agus mhìnich iad dha sligh Dhe ni bu choi'-lionta.

27 Agus 'n uair bu mhiann leis dol gu Achaia, taireis a' chomhairleachadh, sgriobh na bràithre chum nan deisciobul iad a ghabhail ris: neach, air dha teachd, a rinn conguamh mòr riu-san a chreid tre ghràs.

28 Oir rinn è † treun-dheasboireachd ris na h Iudhachaibh gu follasach, a' dearbhadh leis na sgriobtuiribh, gur h è Iosa an Criosd.

CAIB. XIX.

6 *'Ta an Spiorad naomh air a thabhairt le làmhaibh Phòil.* 9 *'Ta na h Iudhaich a' toirt toibheim d'a theagasg, ni ata air a dhaingneachadh le miorbhuilibh.* 16 *'Ta na h Iudhaich a bha cur spiorada fa gheasaibh air am bualadh leis an Diabhol.* 19 *'Ta leabhraiche draoidheachd air an losgadh.* 24 *Ata Demetrius air ghaol a bhuannachd fein, a' buaireadh a' phobuill ann aghaidh Phòil ann Ephesus:* 35 *Chiùnaicheadh iad le cléireach a' bhaile.*

AGUS tharladh, 'n uair a bha Apollos ann Corintus, air do Phòl dol tre na criochaibh uachdrach, gu'n d' thainig è gu Ephesus: Agus air faghail dheisciobul àraidh,

2 Dubhairt sè riu, An d' fhuair sibhse an Spiorad naomh o chreid sibh? Agus a dubhairt iadsan ris, Cha chuala sinn an uiread agus am bheil Spiorad naomh ann.

3 Agus a dubhairt sè riu, Creud ma seadh ann s'na bhaisteadh sibh? Agus a dubhairt iadsan, Am baisdeadh Eoin.

4 Ann sin a dubhairt Pòl, Bhaist Eoin gu deimhin le baisdeadh an aithreachais, ag radh ris a' phobull, Iadsan a chreidsin ann san neach a bha gu teachd 'n a dhiaigh-sin, sin r'a radh, ann Iosa Criosd.

5 Agus 'n uair a chual' iad *so*, bhaisteadh iad ann ainm an Tighearna Iosa.

6 Agus air do Phòl a làmhan a chur orra, thainig an Spiorad naomh orra; agus labhair iad le teangaibh, agus rinn iad faidheadoireachd.

7 Agus bhaid na daoine uile timchioll dà-fhear-dheug.

8 Agus chuaidh eisean a steach do'n t sionagog, agus labhair sè gu dàna rè thri miosa, ag deasboireachd agus a' comhairleachadh nan nithe a bhuineas do rioghachd Dhe.

9 Ach 'n uair a chruadhaicheadh cuid, agus nach do chreid iad, ach a labhair iad olc mu'n t sligh sin ann làthair an t sluaigh, dh'fhàg sè iad, agus sgar è na deisciobuil uatha, agus bha è gach là a' deasboireachd ann sgoil neach àraidh *d' am b' ainm* Tirannus.

10 Agus

* teth. † reusonaich è gu h eifeachdach ann aghaidh nan Iudhach.

10 Agus rinneadh ſo rè dhà bhliadhna; ionnas gu'n cuala luchd-àiteachadh na h Aſia uile, eidear Iudhaich agus Ghreugaich, focal an Tighearna Ioſa.

11 Agus rinn Dia miorbhuile mòra le làmhaibh Phòil:

12 Ionnas gu'n d' thugadh o chorp-ſan chum nan daoine tinne, neapaicinne no aprain, agus gu 'n d' fhalbh an ea-ſlaintidh uatha, agus gu'n deachaidh na droch ſpioraid amach aſda.

13 Agus ghabh dream àraidh do na h Iudhachaibh, a bha 'g im'eachd o àite gu h àite, * ag cur ſpiorada fa gheaſaibh, os làimh, ainm an Tighearna Ioſa ainmeachadh os ceann na muintir ſin ann san raibh droch ſpioraid, ag radh, Cuireamaid fa gheaſaibh ſibh tre Ioſa a 'ta Pòl a' ſearmonachadh.

14 Agus bha aig Scebha Iudhach *àraidh*, aon do na h àrd-ſhagartaibh, ſeachdnar mhac a bha deanamh ſo.

15 Agus fhreagair an droch ſpiorad, agus a dubhairt sè, 'Ta eòlas agam air Ioſa, agus is aithne dhamh Pòl; ach co ſibhſe?

16 Agus leum an duine ann san raibh an droch ſpiorad orra, agus air dha an ceannſachadh, thug è buaidh orra, ionnas gur theich iad amach as an tigh ſin lomnochd agus reubta.

17 Agus fhuair na h Iudhaich uile agus fòs na Greugaich a bha thâmh ann Epheſus fios air ſo; agus thuit eagal orra uile, agus bha ainm an Tighearna Ioſa air àrdachadh.

18 Agus thainig mòran diubhſan a chreid, ag aid'eachadh, agus ag innſeadh an gniomhartha.

19 Agus thug mòran diubhſan a bha gnàthachadh dhroch innleachda, an leabhraiche leo, agus loiſg ſiad iad am fia'nais gach uile: agus † chunnt iad an luach, agus fhuair iad è 'n a leith-cheud mìle *pìos* airgid.

20 Is mar ſin le cumhachd a dh'fhàs agus a bhuadhaich focal an Tighearna.

21 Agus 'nuair a choi'-lionadh na nithe ſo, chuir Pòl roimhe 'n a ſpiorad, ann diaigh dha im'eachd tre Mhacedonia, agus Achaia, dol gu Hieruſalem, ag radh, Taireis damh bhi ann ſin, is eigin damh an Ròimh fhaicſin mar an ceudna.

22 Agus air dha dias dhiubhſan a bha frithealadh dha, *eadhon* Timoteus, agus Eraſtus, a chur do Mhacedonia, dh' fhan è fein rè tamuill ſan Aſia.

23 Agus dh' eirich mu'n àm ſin ‡ iomairt nach bu bheag mu thimchioll na ſlighe ſin.

24 Oir bha ceard-airgid àraidh d' am b' ainm Demetrius *ann*, a bha deanamh § theampull airgid do Dhiana, agus a thug buannachd nach bu bheag do'n luchd-ceirde.

25 Agus air dha iadſan a chruinneachadh ann ceann a chéile, agus a' mhuintir eile a bha dh' aon cheird riu, a dubhairt sè, Fheara, 'ta fhios agaibh gur ann o'n cheird ſo ata ar ‖ maoin againne:

26 Os-barr, ata ſibh faicſin agus a' cluinntin, gu bheil am Pòl ſo leis a chomhairle air tionndadh air falbh ſluagh mòr, cha 'n è 'mhàin ann Epheſus, ach air bheag nithe-ſan Aſia uile, ag radh, Nach dée iad a nithear le làmhaibh:

27 Ionnas nach è amhàin gu bheil è 'n cuntart gu'n deanthar tàir air ar ceird; ach mar an ceudna gu cuir'ear teampull na bain-de mhoir Diana ann neo-prìs, agus gu cloidhear a mòrachd-ſan, d' am bheil an Aſia uile, agus an domhan a' deanamh àdhraidh.

28 Agus 'nuair a chual' iadſan *ſo*, lionadh le feirg iad, agus ghlaodh iad

* a' tilgeadh amach ſpiorada, † dh' àireamh. ‡ buaireas. § dealbh-theampull. ‖ beartas.

iad, ag radh, *Is* mòr Diana nan Ephesianach.

29 Agus bha am baile uile air a lionadh le mi-rioghailt: Agus ruidh iad a dh' aon toil chum àite-cruinnich a' phobuill, ag tarruing leo Ghaius agus Aristarchuis Macedoniannaich, * luchd comh-thuruis Phòil.

30 Agus 'n uair a b'àill le Pòl dol a steach chum an t sluaigh, cha do leig na deisciobuil leis.

31 Agus mar an ceudna chuir cuid do uachdaranaibh na h Asia a bha 'n an càirdibh dha, fios chuige, ag guidheadh *air* nach rachadh è gu àite-cruinnich a' phobuill.

32 Ghlaodh uime sin cuid diubh aon ni, agus cuid ni eile: oir bha an coi'-thional tre a chéile, agus cha raibh fios aig a' chuid bu mhò c'ar son a thainig iad cuideachd.

33 Agus tharruing iad amach Alecsander as an t sluagh, air bhi do na h Iudhachaibh 'g a iomain rompa. Agus smèid Alecsander le làimh, agus b'àill leis a leith-sgeul a ghabhail ris an t sluagh.

34 Ach 'n uair a thuig iad gu'm b' Iudhach è, rinneadh † gàir mhòr leo uile mu thimchioll ùine dà uair, a' glaodhaich, Is mòr Diana nan Ephesianach.

35 Agus an uair a chiùnaich ‡ an cléireach an sluagh, a dubhairt sè, Fheara na h Ephesus, co an duine aig nach 'eil fios gu bheil § caithir nan Ephesianach a' deanamh àdhraidh do'n bhain-dia mhòir Diana, agus do'n *iomhaigh* a thuit a nuas o Iupiter?

36 Air an àdhbhar sin do bhri' nach fheudar cur ann aghaidh nan nithe so, is còir dhuibhse bhi ciuin, agus gun ni sam bith a dheanamh gu h obann.

37 Oir thug sibh ann so na daoine sin, ge nach 'eil iad a' ‖ sladadh nan teampull, no a' tòirt toibheim d' ar bain-dia.

38 Uime sin ma 'ta aig Demetrius agus aig an luchd-ceird a 'ta mailleris, cùis ann aghaidh neach air bith, 'ta 'n lagh reidh *dhoibh*, agus 'ta uachdarain *ann*; tagradh iad a chéile.

39 Ach ma 'ta ceist sam bith agaibh mu nithibh eile, réitichear sin ann coi'-thional dligheach.

40 Oir ata sinn ann cuntart bhi air ar n agairt air son ceannaire an là 'n diu, do bhri' nach 'eil cùis sam bith againn a dh' fheudas sinn a thoirt seachad mar àdhbhar a' chruinneachaidh so.

41 Agus air dha so a radh, sgaoil è an coi'-thional.

CAIB. XX.

1 *'Ta Pòl a' dol do Mhacedonia: 7 Ata è frithealadh fuipeir an Tighearna, agus a' searmonachadh: 9 Air do Eutichus tuiteam sios ann cruth mairbh, thogadh suas beo è. 17 Ata Pòl aig Miletus a' gairm seanoiridh na h eaglais ann ceann a chéile, ag innseadh dhoibh ciod a bha gu tachairt dha fein, 28 ag earbsadh treud Dhe riu, 29 a' toirt rabhaidh dhoibh mu luchd-teagaisg bréige, 32 'g an taiceadh re Dia, 36 a' deanamh ùrnuigh mailleriu, agus ag im'eachd roimhe.*

AGUS ann diaigh do 'n cho'-ghair sgur, ghairm Pòl na deisciobuil d'a ionnsuidh, agus air dha ** a chead a ghabhail diubh, thriall sè gu dol do Mhacedonia.

2 Agus air dha dol tre na criochaibh sin, agus mòr-earail a dheanamh orra, thainig è do 'n Ghréig,

3 Agus dh' fhan sè *ann sin* tri mìosa: agus 'n uair a bha na h Iudhaich a' caitheamh feill air, agus †† è air tì dol air luing do Shiria, chuir sè roimhe pilleadh tre Mhacedonia.

4 Agus

* comh-astraich. † àrd iolach. ‡ Cléireach-sciobhaidh *a' bhaile*. § baile.
‖ creach' theampull. ** an glacadh 'n a uchd. †† a rùn air.

4 Agus chuaidh 'na chuideachd gu h Afia, Sopater o Bherea; agus do mhuintir Theſſalonica, Ariſtarchus agus Secundus; agus Gàius o Dherbe, agus Timoteus; agus do mhuintir na h Afia, Tichicus agus Trophimus.

5 Air dhoibh ſo im'eachd romhainne, dh' fheith iad ruinn ann Troas.

6 Agus ſheòl ſinn o Philippi, 'n diaigh làith' an arain gun laibhin, agus thainig ſinn d'an ionnſuidhſin gu Troas ann cuig laithibh, far an d' fhan ſinn ſeachduin.

7 Agus an ceud *là* do 'n t ſeachduin, air do na deiſciobluibh cruinneachadh 'n ceann a chéile a bhriſeadh arain, ſhearmonaich Pòl doibh, * air bhi fuidhe imtheachd uatha air an là màrach, agus lean è air labhairt gu meadhon-oidhche.

8 Agus bha mòran lòchran ann ſan t ſeomar uachdrach, far an raibh iad cruinn.

9 Agus bha òganach àraidh d'am b'ainm Eutichus 'na ſhuidhe ann an fhuinneoig, air tuiteam gu trom 'na chodal: agus air do Phòl bhi rè fad' a' ſearmonachadh, ſhàruicheadh leis a' chodal è, agus thuit è ſios o'n treas lofta, agus thogadh marbh è.

10 Agus chuaidh Pòl ſios, agus thuit sè air, agus air dha a ghlacadh 'na uchd, a dubhairt sè, Na biodh triobloid oirbh; oir ata anam ann.

11 Agus air dol ſuas da a-rìs, bhris sè aran agus dh'ith sè, agus labhair è riu rè ùin' fhada, eadhon gu teachd na maidne, agus mar ſin dh' fhalbh sè.

12 Agus thug iad leo an t òganach agus è beo, agus rinn iad gàirdeachas nach bu bheag.

13 Agus air dhuinne im'eachd air thoiſeach chum na luinge, ſheòl ſinn gu Aſſos, fa rùn Pòl a ghabhail a ſteach ann ſin: oir is mar ſin a dh' òrduich è, a' cur roimhe gu 'n im'icheadh è fein d'a chois.

14 Agus 'nuair a thachair è oirn'aig Aſſos, ghabh ſinn a ſteach è, agus thainig ſinn gu Mitilene.

15 Agus air ſeòladh dhuinn as ſin, thainig ſinn air *an là* màrach ſa chomhair Chios; agus air an *là* 'na dhiaigh ſin thainig ſinn gu Samos, agus dh' fhan ſinn aig Trogillium; agus air an *là* b' fhoigſe thainig ſinn gu Miletus.

16 Oir chuir Pòl roimhe ſeòladh ſeach Epheſus, chum nach tarladh dha moille a dheanamh ann ſan Afia: oir † bha deifir air, chum nam feudadh è, bhi aig Ieruſalem air là na Cuingeis.

17 Agus air cur fios o Mhiletus gu h Epheſus, ghoir è d'a ionnſuidh ſeanoiridh na h eaglais.

18 Agus 'nuair a thainig iad d'a ionnſuidh, a dubhairt sè riu, 'Ta fhios agaibh, cionnas a bha mi 'nar meaſg ann ſan uile aimſir, o'n cheud là a thainig mi do'n Afia,

19 A' deanamh ſeirbhis do 'n Tighearna leis gach uile irioſlachd inntin, agus maille re mòran dheuraibh agus bhuairibh a tharladh dhamh thaobh feilleachadh nan Iudhach:

20 *Agus* cionnas nach do ghleidh mi ni ſam bith am folach a bha feumail *dhuibhſe*, gun a nochdadh dhuibh, agus gun ſibhſe a theagaſg am follas, agus o thigh gu tigh,

21 Ag deanamh fia'nais faraon do na h Iudhachaibh, agus fòs do na Greugachaibh, mu aithreachas a thaobh Dhe, agus *mu* chreidimh a thaobh ar Tighearna Ioſa Criofd.

22 Agus a noiſe ſeuch, ata mi dol gu Hieruſalem ceangailte ſan Spiorad, gun fhios agam creud iad na nithe a tharlas dhamh ann ſin:

23 Ach amhàin gu bheil an Spiorad naomh a' deanamh fia'nais ann s gach

*agus a rùn air.

† rinn è cabhag.

s gach baile, ag radh, Gu bheil geimhleacha agus triobloide a' feitheamh orm.

24 Ach ni bheil ſuim agam do ni air bith, ni mò mheaſam m' anam fein prìſeil dhamh, chum gu crìochnaichinn mo chùrſa le h aoibhneas, agus gu'n *coi' lionàinn* a' mhiniſtreileachd a fhuair mi o 'n Tighearna loſa, a dheanamh fia'nais do fhoiſgeul gràis Dhe.

25 Agus a noiſe fèuch, ata fhios agam nach faic ſibhſe uile, meaſg an d' imich miſe ag ſearmonachadh rioghachd Dhe, mo ghnùis ni 's mò.

26 Uime ſin * ata mi a' deanamh fia'nais duibh air an là 'n diu, gu bheil miſe glan o fhuil gach uile.

27 Oir cha do ſheachainn mi uile chomhairle Dhe fhoillſeachadh dhuibh.

28 Air an àdhbhar ſin thugaibh aire dhuibh fein, agus do'n treud uile, air an d' rinn an Spiorad naomh † luchd-coimhead dhibh, a bheathachadh eaglais Dhe, a cheannaich è le fhuil fein.

29 Oir ata fhios agamſa air ſo, 'n diaigh m' im'eachdſa gu 'n d' thig madruidh-alluidh gharga 'n ar meaſg, nach caomhainn an treud.

30 Agus fòs eir'idh daoine dhibh fein, a labhras nithe fiara, chum deiſciobuil a tharruing 'n an diaigh fein.

31 Uime ſin dèanaibh faire, ag cuimhneachadh nach do ſguir mile feadh thri bliadhna, a chomhairleachadh gach aon agaibh a là agus a dh' oidhche le deuraibh.

32 Agus a nois', a bhràithre, earbam ſibh re Dia, agus re focal a ghràis, a 'ta comaſach air ſibhſe a thogbhail ſuas, agus oighreachd a thoirt duibh am meaſg na muintir ſin uile a 'ta air an naomhachadh.

33 Cha do ſhanntaich mi airgiod, no òr, no eadach duin' air bith.

34 Seadh, is aithne dhuibh fein, gu'n do fhritheail na lamhan ſo do m' uireasbhuidh fein, agus do'n mhuintir ſin a bha maille rium.

35 Nochd mi na h uile nithe dhuibh, gur ann le ſaothrachadh mar ſo is còir dhuibh congnamh a dheanamh riu-ſan a 'ta ‡ anmhunn ; agus focail an Tighearna loſa a chuimhneachadh, mar a dubhairt sè, Is mò am beannacha' *ni* a thabhairt na ghabhail.

36 Agus air dha na briathra ſo a radh, leig sè è fein air a ghlùinibh, agus rinn sè ùrnuigh maille riu uile.

37 Agus ghuil iad uile gu goirt, agus thuit iad air muineal Phòil, agus phòg fiad è,

38 Air dhoibh bhi gu § ſonraichte brònach air ſon nam briathra ſo a dubhairt è, Nach faiceadh iad a ghnùis-ſin ni mò. Agus thug iad coimheadachd dha chum na luinge.

CAIB. XXI.

1 *Cha ghabh Pòl comhairleachadh o dhol gu Hieruſalem.* 3 *Mu Philip an ſoiſgeulaich, agus a chearthar ingheann' a bha 'nam banfhàidhibh ;* 17 *'Ta Pòl a' teachd gu Hieruſalem,* 27 *far am bheil sè air a'ghlacadh agus ann cuntarſ mòr :* 31 *'ta sè air a theaſairgin leis an àrd-chaiptin, agus a' faghail comais labhairt ris an t ſluagh.*

AGUS tharladh, air dhuinn dealachadh riu ſan, gur ſheòl ſinn romhainn, agus thainig ſinn gu dìreach gu Coos, agus air an *lath* màrach gu Rhodos, agus as ſin gu Patara.

2 Agus air faghail luinge a bha a' gabhail thairis gu Phenicia, chuaidh ſinn air bòrd, agus ſheòl ſinn romhainn.

3 Agus air dhuinn teachd ann ſealladh Chipruis, agus fhàgail air ar

* gabham ſibhſe mar fhia'naiſibh.

† easbnigean. ‡ lag. § h àraidh.

ar làimh chlì, fheòl finn gu Siria, agus thainig finn tìr aig Tirus: oir is ann an fin a bha an lòng gus a lùchd a chur amach.

4 Agus air faghail dheifciobul duinn, dh' fhan finn ann fin feachd làith': muintir a dubhairt re Pòl tre 'n Spiorad, gun è dhol fuas gu Hierufalem.

5 Agus 'nuair a chriochnaich na làith' fin, chuaidh finn amach, agus thriall finn romhainn, agus thainig iadfan uile maille re mnaibh agus re cloinn 'nar cuideachd, amach as a' bhaile: agus leig finn air ar glùinibh finn air an tràigh, agus rinn finn ùrnuigh.

6 Agus taireis duinn ar cead a ghabhail d'a chéile, chuaidh finn do 'n luing; agus phill iadfan d'an tighibh fein.

7 Agus 'nuair a chriochnuich finn ar cùrfa o Thirus, thainig finn gu Ptolemais, agus chuir finn fàilte air na bràithribh, agus dh' fhan finn aon là maille riu.

8 Agus air an *là* màrach, air dhuinne, a bha do chuideachd Phòil, im'eachd, thainig finn gu Ceafarea: agus chuaidh finn a fteach do thigh Philip an t foifgeulaich, (a bha do'n t feachdnar) agus dh' fhan finn aige.

9 Agus bha ceathrar mhaighdiona do ingheanaibh aige-fin, a bha re faidheadoireachd.

10 Agus ag fantuin duinn mòran do laithibh *ann fin*, thainig a nuas o Iudea faidh àraidh, d'am b'ainm Agabus.

11 Agus air teachd dha d'ar ionnfuidh-ne, ghabh è crios Phòil, agus cheangail sè a làmha agus a chofa, agus a dubhairt sè, Mar fo a deir an Spiorad naomh, Is ann mar fo a cheanglas na h Iudhaich ann Ierufalem an duine d'am buin an crios fo, agus bheir iad thairis è do làmhaibh nan Cinneach.

12 Agus 'nuair a chuala finne na nithe fo, ghuidh finn fein agus muintir an àite air, gun è dhol fuas gu Hierufalem.

13 Ann fin fhreagair Pòl, Ciod is ciall duibh a' gul, agus a'brifeadh mo chroidhe? oir ata mife ullamh cha'n è amhàin gu bhi air mo cheangal, ach eadhon gu bàfachadh ann Ierufalem air fon ainm an Tighearna Iofa.

14 Agus 'nuair nach gabhadh è comhairle, fguir finne, ag radh, Deanthar toil an Tighearna.

15 Agus ann diaigh nan làith' fo * air dhuinn bhi ullamh, chuaidh finn fuas gu Hierufalem.

16 Agus chuaidh fòs maille ruinn *cuid* do na deifciobluibh o Cheafarea, a' toirt leo Mhnafon o Chiprus, fean deifciobul àraidh, aig an raibh finn gu bhi air aoidheachd.

17 Agus 'nuair a thainig finn gu Hierufalem, ghabh na bràithre ruinn gu fubhach.

18 Agus air an *là* màrach, chuaidh Pòl maille ruinne dh' ionnfuidh Sheumais; agus bha na feanoiridh uile a làthair.

19 Agus air dha-fan fàilte chur orra, chuir è 'n céill doibh fa leth na nithe a rinn Dia le mhinifireileachd-fan am measg nan Geintileach.

20 Agus 'nuair a chual' iadfan *fo*, thug iad glòir do'n Tighearna, agus a dubhairt iad rifean, Ata thu faicfin, a bhràthair, cia lion mìle do na h Iudhachaibh ata creidfin, agus tha iad uile ro-èudmhor mu'n lagh.

21 Agus chual' iad umadfa, gu bheil thu teagafg do na h Iudhachaibh uile a 'ta measg nan Cinneach, Maois a thréigfin, ag radh *riu*, Nach còir dhoibh *an* clann a' thimchioll ghearradh, no gluafachd a reir nan gnàtha.

22 Ciod uime fin *a nithear?* Gun teagamh, 's eigin do 'n t fluagh cruinneachadh: oir cluinnidh iad gu'n d' thainig thu.

23 Uime

* thog finn ar n airneis, agus &c.

23 Uime ſin dean ſo a deir ſinne riut : Ata ceathrar fhear mailleruinne, air am bheil mòid;

24 Beir iadſan leat, agus bi air do ghlanadh maille riu, agus dean coſtus leo, chum's gu * bearr iad *an* cinn: agus gu'm bi fhios aig gach uile nach 'eil ach neimh-ni ann sna chual' iad mu d' thimchioll-ſa, ach *gu* bheil thu fein mar an ceudna ag im'eachd gu h òrdmhail, agus a' coimhead an lagha.

25 Ach mu thimchioll nan Geintileach a chreid, ſgriobh ſinne agus b'i air breith, gun iad a ghleidheadh a h aon do na nithibh ſin, ach amhàin iad fein a choimhead o nithibh a chuaidh ìobradh do iodholaibh, agus o fhuil, agus o ni tachdta, agus o ſtrìopachas.

26 Ann ſin ghabh Pòl na daoine ; agus air an là màrach air dha bhi air a ghlanadh maille riu, chuaidh è ſteach do 'n teampull, a' foillſeachadh coi'-lionadh làith' a ghlanaidh, gus an d' thugtadh ofrail air ſon gach aon aca.

27 Agus 'n uair a bha na ſeachd làith' air bheag nith' air an coi'-lionadh, air do na h Iudhachaibh o'n Aſia eiſean fhaicſin ſan teampull, bhroſnaich iad am pobull uile, agus chuir iad làmh ann,

28 Ag éigheach, Fheara Iſraeil, cuidichibh: is è ſo an duine a 'ta teagaſg nan uile dhaoine ann sgach uile àit' ann aghaidh a' phobuill, agus an lagha, agus an àite ſo : agus tuilleadh eile, thug è ſteach Greugaich do 'n teampull, agus fhalaich sè 'n t ionad naomha ſo.

29 (Oir bha iad air faicſin Trophimus an t Epheſianach roimhe ann ſin ſa bhaile maille ris, agus ſhaoil iad gu 'n d' thug Pòl a ſteach do'n teampull è)

30 Agus ghluaiſeadh am baile gu h iomlan, agus ruidh am pobull cuideachd: agus air dhoibh breith air Pòl, tharruing iad amach as an teampull è : agus air ball dhùineadh na dorſa.

31 Agus 'n uair a b' àill leo a mharbhadh, chuaidh ſgeula dh'ionnſuidh àrd-chaiptin na cuideachd, gu'n raibh Ieruſalem uile † thar a chéile.

32 Neach air ball a thug leis ſaighd-fheara, agus caiptine-cheud, agus ruidh è ſios d'an ionnſuidh : Agus 'n uair a chunnaic iadſan an t àrd-chaiptin agus na ſaighd-fheara, ſguir iad do bhualadh Phòil.

33 Ann ſin thainig an t àrd-chaiptin am fogus agus rug sè air, agus dh' àithn è a cheangal le dà ſhlàbhraidh; agus dh'fhioſraich sè, Co è, agus ciod a rinn è.

34 Agus ghlaodh aon chuid am meaſg an t ſluaigh aon ni, agus cuid eile ni eile : agus 'n uair nach raibh è ann comas da cinnteachd *na cùis*' a thuigſin air ſon na h àrd-bhruidhne, dh' òrduich sè eiſean a thoirt do'n chaiſteal.

35 Agus 'n uair a thainig è chum na ſtaighreach, tharladh gu'n do ghiùlaineadh è leis na ſaighd-fhearaibh, air ſon foireigin an t ſluaigh.

36 Oir lean am mòr-ſhluagh è, a' glaodhaich, Beir air falbh è.

37 Agus 'n uair a bha Pòl gu bhi air a thoirt a ſteach do'n chaiſteal, a dubhairt fè ris an àrd-chaiptin, An cead damh-ſa ni a labhairt riut? agus a dubhairt eiſean, An labhair thu Greugais?

38 Nach tuſa an t Eiphiteach ſin a thog ceannairc roimh na laithibh ſo, agus a thug leat do'n fhàſach ceithir mìle fear a bha 'n an luchd-mortaidh ?

39 Ach a dubhairt Pòl, Is duine mise a 'ta m' Iudhach gun amharus o Tharſus, ſaor-dhuine do bhaile ro-inbheach ann Cilicia: agus guidheam ort, thoir cead damh labhairt ris an t ſluagh.

40 Agus

* lom.

† air a buaireadh.

40 Agus 'n uair a thug è cead da, Air do Phòl seasamh air an stai ghir, smèid è le làimh air a' phobull, ag iarraidh eisdeachd : agus air fantuin ro-thosdach dhoibhsin, labhair è riu sa chainnt Eabhruidheach, ag radh,

CAIB. XXII.

1 *'Ta Pòl gu pailt' ag cur ann cèill, cionnas a dh' iompaicheadh chum a' chreidimh è,* 17 *agus a ghairmeadh è chum na h abstolachd.* 22 *Ag dha-sun na Geintilich ainmeachadh, thog am pobull aon ghàir ris :* 24 *Bha è gu bhi air a sgiùrsadh ;* 25 *Ach air dha a chòir-shaorsa mar Romhanach agairt, leigeadh as è.*

FHEARA, a bhràithre, agus aithreacha, eisdibhse mo dhionchainnt ribh a nois':

2 (Agus 'n uair a chual' iadsan gur labhair è riu san * teangaidh eabhruidhich, bu mhòid a thosd iad : agus a dubhairt eisean)

3 Is Iudhach mise do rìreadh, a rugadh ann Tarsus na Cilicia, ach a † dh' oileadh sa bhaile so, aig cosaibh Ghamaliel, *agus* a theagaisgeadh gu coi'-lionta a reir gnàth' lagha nan athracha, agus bha mi èudmhor a thaobh Dhe, mar ata sibhse uile an diu.

4 Agus rinn mi geur-leanmhuin gu bàs air an t slighe so, ag ceangal fhear agus bhan, agus 'g an tarruing gu prìosun.

5 Mar a ni an t àrd-shagart mar an ceudna fia'nais damh, agus comhairle nan seanoiridh uile : o'n d'fhuair mise fòs litriche chum nam bràithre, agus chuaidh mi gu Damascus, chum an dream a bha 'n sin, a thoirt ceangailt' gu Hierusalem, ionnas gu'n deantadh peanas orra.

6 Agus tharladh, air dhamh-sa bhi 'g im'eachd, agus a' druideadh re Damascus mu mheadhon-là, gur dhealraich gu h obann o neamh solus mòr mu 'n cuairt orm.

7 Agus thuit mi air an talamh, agus chuala mi guth ag radh rium, A Shauil, a Shauil, c'ar son ata thu 'g am gheur-leanmhuinse ?

8 Agus fhreagair mise, Co thu, a Thighearna ? Agus a dubhairt sè rium, Is mise Iosa a Nasaret air am bheil thus' a' deanamh geur-leanmhuin.

9 Agus chunnaic na daoine a bha maille rium an solus gu deimhin, agus ghabh iad eagal ; ach cha chual' iad guth an ti a labhair riumsa.

10 Agus a dubhairt mise, Ciod a ni mi, a Thighearna ? Agus a dubhairt an Tighearna rium, Eirich, agus im'ich gu Damascus, agus ann sin labhrar riut mu thimchioll nan nithe sin uile a dh' òrduicheadh dhuits' a dheanamh.

11 Agus 'n uair nach bu léir dhamh tre ghlòir an t soluis sin, air dhamh bhi air mo threòrachadh air làimh leo-san a bha maille rium, thainig mi gu Damascus.

12 Agus air teachd do dhuine àraidh a' m' ionnsuidh *d' am b' ainm* Ananias, a bha cràbhach a reir an lagha, agus air an raibh deadh theisteas aig na h Iudhachaibh uile a bha chomhnuidh *ann sin*,

13 Thainig è a' m' ionnsuidh, agus sheas sè làimh rium, agus a dubhairt sè rium, A Shauil a bhràthair, gabh do radharc. Agus air an uair sin fein dh' amhairc mi suas air.

14 Agus a dubhairt eisean, Thagh Dia ar n athracha roimh-làimh thusa, chum gu 'n gabhadh tu eòlas air a thoil, agus gu'm faiceadh tu an t Aon co'-thromach sin, agus gu'n cluinneadh tu guth a bheoil.

15 Oir bithidh tu a' t fhia'nais aige chum nan uile dhaoine, air na nithibh a chunnairc agus a chuala tu.

16 Agus a noise c'ar son ata thus' a' deanamh moille ? Eirich, agus

* cf ànamhuin eabhruidhich.

† thogadh suas.

gus bi air do bhaisteadh, agus ionnluid uait do pheacaidh, a' gairm air ainm an Tighearna.

17 Agus tharladh, 'nuair a phill mise gu Hierusalem, agus a bha mi a' deanamh ùrnuigh san teampull, gu 'n deachaidh mi ann an nèul;

18 Agus gu 'm faca mi eisean ag radh rium, Dean deifir, agus im'ich gu grad a Hierusalem: oir cha ghabh iad re d' theisteas mu m' thimchioll sa.

19 Agus a dubhairt mise, A Thighearna, 'ta fhios aca gu raibh mise tilgeadh am prìosun, agus a' sgiùrsadh ann sgach sionagog iadsan a chreid ionnadsa.

20 Agus 'nuair a dhòirteadh fuil do mhairtirich Stephain, bha mise mar an ceudna a'm' sheasamh a làthair, agus ag aontachadh leis a mharbhadh, agus ag coimhead eadaich na muintir a mharbh è.

21 Agus a dubhairt sè rium, Im'ich: Oir cuiridh mise thu am fad chum nan Cinneach.

22 Agus dh'eisd iad ris gus an fhocal so, agus thog iad *ann sin* suas an guth gu h ard, ag radh, Beir air falbh leithid an fhir so o'n talamh: oir cha chòir è bhi beo.

23 Agus 'nuair a bha iadsan ag éigheach, agus a' tilgeadh dhiubh *an* eadaich, agus a' tilgeadh luaithreadh san aidhear,

24 Dh' àithn an t àrd-chaiptin eisean a thoirt do'n chaisteal, ag òrduchadh a cheasnachadh le a sgiùrsadh: chum gu fuigheadh è fios ciod i a' choire mu 'n raibh iad a' glaodhaich mar sin 'na aghaidh.

25 Agus 'nuair a bha iad 'ga cheangal le iollaibh, a dubhairt Pòl ris a' chaiptin-cheud a sheas a làthair, Am bheil è ceadaichte dhuibhse duine a 'ta 'na Romhanach a sgiùrsadh, agus gun è air a dhìteadh?

26 Agus 'nuair a chuai' an caiptin-cheud *so*, dh'imich è agus dh' innis è do'n àrd-chaiptin, ag radh, Thoir fainear ciod a ni thu; oir is Romhanach an duine so.

27 Ann sin air teachd do'n àrd-chaiptin d'a ionnsuidh, a dubhairt sè ris, Innis damh-sa, an Romhanach thu? Agus a dubhairt eisean, Is eadh.

28 Agus fhreagair an t àrd-chaiptin, Is mòr an t suim air an do cheannaich mise an t saorsa so. Agus a dubhairt Pòl, Ach rugadh mise *saor*.

29 Ann sin dh' imich iadsan uaithe air ball a bha gus a cheasnachadh: agus ghabh an t àrd-chaiptin fòs eagal 'nuair a thuig è gur bu Romhanach è, agus chionn gu'n do cheangail sè è.

30 Agus air an *là* màrach, air dha bhi togarrach gu fios cinnteach fhaotain ciod i a' choire a bha na h iudhaich ag cur as a leith, dh'fhuasgail sè è o chuibhreachaibh, agus dh' aithn è do na h àrd-sha-gartaibh agus d'an comhairle uile teachd a làthair, agus air dha Pol a thoirt sios, chuir sè 'nam fia'nais è.

CAIB. XXIII.

1 *'Ta Pòl a' tagradh a chùis.* 2 *'Ta Ananias ag òrduchadh a bhualadh;* 7 *Connsach' a' measg a luchd ca-jaid.* 11 *'Ta Dia a' toirt misnich dha.* 14 *'Ta feall nan Iu-dhach ann aghaidh Phòil air a nochdadh do'n àrd-chaiptin.* 23 *'Ta è 'ga chur gu Felics an t uachdaran.*

AGUS air dearcadh do Phòl air a' chomhairle, a dubhairt sè, Fheara *agus* a bhràithre, *ghluais mise ann an uile dheadh choguis a thaobh Dhe gus an là 'n diu.

2 Agus dh' àithn an tàrd shagart Ananias dhoibhsin a bha 'nan seasamh laimh ris, a bhualadh air a bheul.

† G g 3 Ann

* chaith mi mo bheatha.

3 Ann sin, a dubhairt Pòl ris, Buailidh Dia thusa, a bhalla ghealaichte: oir am bheil thusa ann d' shuidhe a thoirt breith ormsa a reir an lagha, agus ann aghaidh an lagha ag òrduchadh mo bhualadh?

4 Agus a dubhairt iadsan a sheas làimh ris, Am bheil thusa * a' toirt an-cainnt do àrd-shagart Dhe?

5 Ann sin a dubhairt Pòl, Cha raibh fhios agam, a bhràithre, gur b' è an t àrd-shagart è: Oir ata è sgriobhta, Na labhair olc mu uachdaran do phobuill.

6 Ach 'nuair a thuig Pòl gu raibh cuid diubh 'nan Sadducaich, agus a' chuid eile 'n am Phairisichibh, ghlaodh è ann sa chomhairle, Fheara *agus* a bhràithre, is Phairiseach mise, mac Phairisich: is ann a leith dòchais agus ais-eirigh nam marbh, ata mi air mo thoirt am breitheanas.

7 Agus air dha-san so a labhairt, dh' eirich comh-stribh eidear na Phairisich agus na Sadducaich: agus roinneadh an coi'-thional *'n aghaidh a chéile.*

8 Oir a deir na Sadducaich nach 'eil ais-eirigh, no aingeal no spiorad ann; ach ata na Phairisich ag aid'eachadh gach aon diubh.

9 Agus dh' eirich † gàir mhòr: agus air seasamh suas do na Sgriobhuichibh a bha air taoibh nam Phairiseach, chathaich iad *'n an aghaidh,* ag radh, Cha 'n 'eil sinne ‡ faotain cron air bith san duine so: ach ma labhair spiorad no aingeal ris, na cogamaid ann aghaidh Dhe.

10 Agus 'nuair a dh' eirich connsachadh mòr *eatorra,* air do'n àrd-chaiptin bhi fa eagal gu'n rachadh Pòl a tharruing as a chéile leo, dh' àithn è do na saighdfhearaibh dol sios, agus eisean a thog'ail leis an làimh làidir as am meadhon, agus a thoirt do'n chaisteal.

11 Agus air an oidhche 'na dhiaigh sin, sheas an Tighearna làimh ris, agus a dubhairt sè, Biodh misneach mhaith agad, a Phòil: oir mar a rinn thu fia'nais a' m' thimchioll-sa ann Ierusalem, is amhuil sin is eigin duit fia'nais a dheanamh ann san Roimh.

12 Agus air teachd do 'n là, § chruinnich dream àraidh do na h Iudhachaibh ann ceann a chéile, agus chuir siad iad sein sa mhallachadh, ag radh, nach itheadh agus nach òladh iad gus am marbhadh iad Pòl.

13 Agus bha iad os-cionn dà fhichead *fear* a rinn an coi'-mhionna so.

14 Agus thainig iad chum nan àrd-shagart, agus nan seanoiridh, agus a dubhairt siad, Chuir sinne sinn fein fa àrd-mhallachadh, nach blaiseamaid ni sam bith gus am marbhamaid Pòl.

15 'Noise uime sin iarraibhse maille ris a' chomhairle air an àrd-chaiptin, gu'n d' thugadh è d'ar ionnsuidhs' è a màrach, mar gu 'm biodh a rùn oirbh fios fhaotain ni bu choi-lionta air ni eigin m'a thimchioll: agus tha sinne deas chum eisean a mharbhadh, mun d' thig è 'm fogus duibh.

16 Agus 'nuair a chuala mac peathar Phòil am ‖ fath-fheitheamh so, thainig è agus air dha dol a steach do 'n chaisteal, dh' innis è sin do Phòl.

17 Ann sin ghoir Pòl d'a ionnsuidh aon do na caiptinibh-cheud, agus a dubhairt sè, Thoir an t òganach so chum an àrd-chaiptin: oir ata ni àraidh aige r'a innseadh dha.

18 Ann sin thug è leis è, agus threòraich sè è chum an àrd-chaiptin, agus a dubhairt sè, Ghoir Pòl am

* a' càineadh. † iolach mhòr. ‡ faghail bhann r'a chéile. ‖ plaid luidhe. § rinn dream àraidh do na Iudhachaibh comh-

am prìosunach mise d'a ionnsuidh, agus ghuidh è orm an t òganach so thoirt a' t ionnsuidhse, aig am bheil ni-eigin r'a innseadh dhuit.

19 Ann sin rug an t àrd-chaiptin air a làimh, agus chuaidh sè a leithtaobh ann uaigneas *maille ris*, agus dh' fhiosraich sè *dheth*, Ciod ata agad r'a innseadh dhamh-sa?

20 Agus a dubhairt eisean, Rinn na h Iudhaich comhairle iarraidh ortsa, gu 'n d' thugadh tu Pòl am màrach do 'n chomhairle, mar gu'm biodh iad gu rannsachadh ni's cinntich' a dheanamh air ni-eigin m'a thimchioll.

21 Ach na aontaich thusa leo: oir ata os-cionn dà fhichead fear dhiubh am plaid-luidhe 'n a aghaidh, a chuir iad fein fa mhallachadh, nach ith agus nach òl iad gus am marbh iad eisean: agus a noise 'ta iad ullamh, a' feitheamh re gealladh uaitse.

22 *Ann sin* leig an t àrd-chaiptin uaithe an t òganach, agus dh' àithn è *dha*, *ag radh*, *Feuch*, nach innis thu do neach sam bith, gu 'n d' fhoillsich thu na nithe sin damh-sa.

23 Agus ghairm è d'a ionnsuidh dà chaiptin-cheud, agus a dubhairt sè, Ull'uichibh dà cheud saighd-fhear a theid gu Ceasarea, agus deich agus tri fichead marcach, agus dà cheud fear-sleadha, air an treas uair do'n oidhche.

24 Agus ull'uichibh * eich, chum air dhoibh Pòl a chur air *a h acn diubh*, gu'n toir iad è gu tearuinte chum an uachdarain Felics.

25 Agus sgriobh è litir air a' mhodh so:

26 Beatha agus slainte o Chlaudius Lisias, chum an uachdarain roòirdheirc Felics.

27 Ghlacadh an duine so leis na h Iudhachaibh, agus 'n uair a bha iad air tì a mharbhadh, thainig mise orra le saighd-fhearaibh, agus thug mi dhiubh è, 'n uair a thuig mi gur bu Romhanach è.

28 Agus air dhamh bhi toileach air fios an àdhbhair fhaghail air son an d' agair iad è, thug mi fios è chum an comhairle-sin:

29 Agus thuig mi gu 'n raibh è air agairt mu cheisdibh d' an lagh fein, gun ni sam bith air a chur as a leith a b' airidh air ceanglaichibh no air bàs.

30 Ach 'n uair a dh' innseadh dhamh, gu'n raibh na h Iudhaich gu feall a chaitheadh air an duine, air ball chuir mi a' t ionnsuidhs' è, agus thug mi àithne fòs d'a luchd-agairt, gach cùis *a bha* aca 'n a aghaidh a chur ann céill a' d' làthairse. Slàn leat.

31 Ann sin air do na saighdfhearaibh Pòl a ghabhail, a reir mar a dh' àithneadh dhoibh, thug iad san oidhche *è* gu Antipatris.

32 Agus air an là màrach leig iad do'n mharc-shluagh dol leis, agus phill iad fein do'n chaisteal.

33 Agus 'n uair a chuaidh iad a stigh do Cheasarea, agus a thug iad an litir do'n uachdaran, chuir iad mar an ceudna Pòl 'n a fhia'nais.

34 Agus 'n uair a leugh an t uachdaran *an litir*, dh' fhiosraich sè co an dùthaich o'n raibh è. Agus 'n uair a thuig è gur ann o Chilicia *bha è*;

35 Dubhairt sè, Eisdidh mi riut, 'n uair a thig do luchd-casaid fòs. Agus dh' àithn sè eisean a choimhead ann talla-breitheanais Ioraith.

CAIB. XXIV.

1 *Air do Phòl a bhi air agairt le Tertullus an cainnt fhear,* 10 *ata è freagairt air a shon fein thaobh a chaithe'-beatha agus a theagaisg:* 24 *'Ta è fearmonachadh Chriosd do 'n uachdaran agus d'a mhnaoi.* 26 *'Ta sùil aige-sin re ceannach uaithe, ach ann diomhanas:* 27 *fa*

* ainmhuidhean.

fa dheireadh, 'n uair a chuireadh as a dhreachd è, ata è fàg'ail Phòil am prìosun.

AGUS ann ceann chuig làith' 'na dhiaigh fin, chuaidh Ananias an t àrd-fhagart fios maille ris na feanoiribh, agus re Tertullus cainnt-fhear àraidh, muintir a * nochd iad fein ann làthair an uachdarain ann aghaidh Phòil.

2 Agus 'n uair a ghairmeadh amach è, thòisaich Tertullus air cùis a chur airfin, ag radh, Do bhri' gu bheil finn do d' thaobh-fa a' mealtuin mor-fhiochaint, agus gu'n d' rinneadh *iomadh* deadh ghniomh do'n chinneach fo tre do ghliocas-fa,

3 Ata finne gabhail re *fo*, ann s gach àm agus gach àite, Fhelics ro-òirdheirc, maille ris gach uile bhuidheachas.

4 Ach, chum nach cuirinn mòr-mhoille ort, guidheam ort, do d' fhuairceas gu 'n eifd thu ruinn gu h ath-ghaoraid.

5 Oir fhuair finn am fear fo 'na phlàigh, agus a' † dusgadh nan Iudhach uile gu ceannairc air feadh an domhain, agus 'na cheannfeadhna do luchd faobh chreidimh nan Nafarenach:

6 Neach mar an ceudna a thogair an teampull a fhalachadh: neach a ghlac finne, agus b' aill leinn breith a thoirt air do reir ar lagha fein.

7 Ach air teachd do Lifias an t àrd-chaiptin oirn', thug è le mòr ain-neart as ar làmhaibh è,

8 Ag òrduchadh d'a luchd-casaid teachd a' d' ionnfuidhfe: Agus uaithe-fe leis a cheafnachadh, feudaidh tu fiofracha' fhaghail air na h uile nithibh, a 'ta finne a' cur as a leith.

9 Agus dh' aontaich nah Iudhaich mar an ceudna, ag radh, Gu 'n raibh na nithe fin mar fin.

10 Ann fin air do'n uachdaran fmèideadh air Pòl è a labhairt, fhreagair eifean, Is mòid mo mhisneach gu freagairt air mo fhon fein, gu bheil fhios agam, gu raibh thufa rè mòrain bhliadhnaibh a'd' bhreitheamh air a' chinneach fo:

11 Oir feudaidh tu fios fhaghail, nach mò na dà-laethe-dheug o chuaidh mi fuas gu Hierufalem a dheanamh àdhraidh.

12 Agus cha d' fhuair iad mi a' deasboireachd re aon neach fan teampull, no a' brofnachadh a' phobuill *gu ceannairc*, aon chuid fna fionagogaibh, no ann fa bhaile.

13 Ni mò is urradh iad na nithe fin a dhearbhadh a 'ta iad a' cur as mo leith.

14 Ach aidmhicheam fo dhuit-fe, gur ann a reir na fligh fin ris an abair iadfan faobh-chreidimh, a dheanamfa àdhradh do Dhia m' athracha, ag creidfin nan uile nithe a 'ta fgriobhta fan lagh agus ann fna fàidhibh:

15 Agus ata dòchas agam ann Dia, ris am bheil fùil fòs aca fein, gu'n d' thig ais-eirigh nam marbh, nam f rean araon agus nan neo-fh rean.

16 Agus ann fo faothraicheam a ghnàth coguis neo-lochdach a bhi agam thaobh Dhe, agus thaobh dhaoine.

17 'Noife 'n diaigh mòrain bhliadhnaibh, thainig mi a thoirt déirce chum mo chinnich, agus ofraile.

18 Air a fo f huair Iudhaich àraidh o'n Afia mi air mo ghlanadh fan teampull, gun fluagh, gun ‡ cho!-ghair.

19 Muintir d'am bu chòir bhi 'n fo a'd' làthair-fe, agus m' agairt, nam biodh ni fam bith aca a'm' aghaidh.

20 No abradh iad fo fein, ma f huair iad § eu-coir fam bith ionnam-fa, 'n uair a fheas mi 'n làthair na comhairle,

21 Mur

* chaf.id Pòl ris an uachdaran. † brofduchadh. ‡ bhuaireadh. § mi-ghniomh.

21 Mur h è amhàin air ſon an aon fhocail ſo, a ghlaodh mi a'm' fheaſamh 'nam meaſg, Gur ann air ſon ais-eirigh nam marbh, ata mi air mo thoirt gu breitheanas libhſe an diu.

22 Agus 'n uair a chuala Felics na nithe ſo, air dha eòlas ni bu diongmhalta bhi aige air an t ſlighe ſin, chuir e air dàil iad, ag radh, 'Nuair a thig Liſias an t àrd-chaiptin a nuas, * làn-rannſaichidh mi bhur cùis.

23 Agus dh' àithn è do chaiptin-cheud Pol a' † choimhead, agus è bhi fuaſgailt' aige, agus gun neach d'a mhuintir fein a bhacadh o fhrithealadh dha, no teachd d'a ionnſuidh.

24 Agus ann diaigh làith' àraidh, 'nuair a thainig Felics maille r'a mhnaoi Druſilla, neach bu Bhan-iudhach, chuir è fios air Pòl, agus dh' eiſd è ris mu thimchioll chreidimh ann Criosd.

25 Agus air dha-ſan bhi a' reuſonachadh mu fhìreantachd, ‡ meaſarrachd, agus breitheanas re teachd, ghabh Felics eagal mòr, agus fhreagair sè, Im'ich romhad an trà'-ſa; 'nuair a bhios ùine agam, cuiridh mi fios ort.

26 Bha dùil aige fòs gu rachadh airgiod a thoirt da le Pòl, chum gu 'm fuaſgladh sè è: uime ſin chuir è fios air ni bu trice, agus labhair sè ris.

27 Ach air do dhà bhliadhna bhi air an coi'-lionadh, thainig Porcius Feſtus ann àite Fhelics: agus air do Fhelics bhi toileach ‖ comain a chur air na h Iudhachaibh, dh' fhàg è Pòl ceangailte.

CAIB. XXV.

1 *'Ta na h Iudhaich ag cur cùis air Pòl ann làthair Fheſtuis:* 8 *'Ta è freagairt air a ſhon fein,* 11 *agus a' teg'ail a chùis gu Ceuſar.* 14 *'Na dhiaigh ſin ata Feſtus a foſgladh a chùis ſin do Agrippa an righ,* 25 *agus ag innſeadh nach d'rinneadh coire air bith a b'airidh air bàs leis.*

ANOIS' 'nuair a thainig Feſtus do 'n § phroibhins, ann ceann tri làith' 'na dhiaigh ſin chuaidh è ſuas o Cheaſarea gu Hieruſalem.

2 Agus nochd an t àrd-ſhagart agus maithidh nan Iudhach iad fein 'n a làthair, ann aghaidh Phòil, agus chuir iad impidh air,

3 Ag iarraidh fàbhoir 'n a aghaidh, gu 'n cuireadh è fios air gu Hieruſalem, *agus iad* a'deanamh ** plaid-luidhe chum eiſean a mharbhadh air an t ſlighe.

4 Ach fhreagair Feſtus, Gu 'm bu chòir Pòl a ghleidheadh ann Ceaſarea, agus gu'n rachadh è fein *ann ſin* gu h aith-ghearr'.

5 Uime ſin, deir eiſean, rachadh iadſan 'n ar meaſg a dh' fheudas, fios maille riumſa, agus ma 'ta coire air bith ſan duine ſo, cuireadh iad ſin as a leith.

6 Agus air dha fantuin 'n am meaſg os-cionn deich laith', chuaidh è fios do Cheaſarea, agus air an là màrach ſhuidh sè air a' chaithir-bhreitheanais, agus dh' àithn è Pòl a thoirt a làthair.

7 Agus 'nuair a thainig eiſean, ſheas na h Iudhaich a thainig a nuas o Hieruſalem m'a thimchioll, ag cur choireanna lionmhora agus mòra a leith Phòil, nach b' urradh iad a dhearbhadh:

8 Agus eiſean a' freagairt chum a ghlanaidh fein, Ni 'n d' rinn mi cionta ſam bith ann aghaidh lagh' nan Iudhach, no 'n aghaidh an teampuill, no 'n aghaidh Cheaſair.

9 Ach air bhi do Fheſtus togarrach air toileachas-inntin a thoirt do na h Iudhachaibh, fhreagair sè Pòl, agus a dubhairt sè, An àill leatſa dol

* bithidh làn-fhios agam air. † ghleidheadh. ‡ ſtuaim. ‖ gniomh taitneach a dheanamh do na h Iudhachaibh. § mhòr-roinn. ** feill-fhaireadh.

dol fuas gu Hierufalem, agus ann fin dol fa bhreitheanas thaobh nan nithe fin ann mo làthairfe?

10 Ann fin a dubhairt Pòl, Ata mi m' fheafamh aig caithir-breitheanais Cheafair, far an còir breith a thoirt orm: air na h Iudhachaibh cha d' rinn mi ea-coir fam bith, mar is maith ata fios agadfa.

11 Oir ma 'ta mi deanamh ea-coir, agus ma rinn mi ni fam bith a thoill bas, cha 'n 'eil mi diùltadh bàs fhulang: ach mur 'eil ni fam bith dhiubh fin *fior* a 'ta iad fo ag cur as mo leith, cha'n fheud duine air bith mo thoirt thairis doibh. Tha mi tog'ail mo chùis gu Ceafar.

12 Ann fin taireis do Fheftus labhairt ris a' chomhairle, fhreagair sè, 'N do thog thu do chùis gu Ceafar? Gu Ceafar theid thu.

13 Air dol do laithibh àraidh feachad, thainig Agrippa an righ agus Bernice gu Ceafarea a chur fàilte air Feftus.

14 Agus air caitheamh dhoibh mòrain laithe ann fin, chuir Feftus cùis Phòil ann céill do'n righ, ag radh, Dh' fhàgadh duine àraidh le Felics 'na phrìofunach:

15 Airfin, 'nuair a bha mife ann Ierufalem rinn na h àrd-fhagairt agus feanoiridh nan Iudhach cafaid *rium*, ag iarraidh breith-dhìteidh 'na aghaidh.

16 D'an d' thug mife am freagra' fo, Cha 'n è gnàth nan Romhanach duine air bith a thoirt thairis chum a mhilleidh, gus am bi aig an neach a 'ta air agairt, a luchd-cafaid aghaidh re h aghaidh, agus gu'm bi co'-throm aige air è fein a ghlanadh o'n choire a chuireadh as a leith.

17 Uime fin 'n uair a thainig iad araon ann fo, gun mhoille fam bith fhuidh mi air an là màrach fa chaithir-bhreitheanais, agus dh' àithn mi 'n duine a thoirt a làthair.

18 Agus 'n uair a fheas a luchd-tagraidh m'a thimchioll, cha do chuir iad coire air bith as a leith do na nithibh a fhaoil mife:

19 Ach thug iad ceifde àraidh 'na aghaidh mu thimchioll an faoibh-chreidimh fein, agus mu thimchioll Iofa àraidh, a fhuair bàs, neach a * dubhairt Pòl a bhi beo.

20 Agus do bhri' gu raibh mife amharufach mu thimchioll an leithid fin do cheifdibh, a dubhairt mi ris am b'àill leis dol fuas gu Hierufalem, agus ann fin dol fa bhreitheanas mu na nithibh fo.

21 Ach 'nuair a dh' iarr Pòl a choimhead gus am fiofraichteadh a chùis-fin le Auguftus, dh' àithn mi è bhi air a choimhead gus an cuirinn gu Ceafar è.

22 Ann fin a dubhairt Agrippa re Feftus, B' àill leamfa fein an duine fo chluinntin. Am màrach, a deir eifean, cluinnidh tu è.

23 Uime fin air a' mhàrach 'n uair a thainig Agrippa, agus Bernice, le mòr-ghreadhnachas, agus a chuaidh iad a ftigh maille ris na h àrd-chaiptinibh agus priomh-dhaoinibh na cathrach do 'n ionad-eifdeachd, air dò Fheftus àithne a thoirt, thugadh Pòl a làthair.

24 Agus a dubhairt Feftus, A righ Agrippa, agus fibhfe a dhaoine uile a 'ta làthair ann fo maille ruinn, ata fibh faicfin an duine fo, mu 'n do chuir fluagh nan Iudhach uile impidh ormfa, araon ann Ierufalem, agus ann fo, a' glaodhaich nach bu chòir è bhi ni b' fhaide beo.

25 Ach 'n uair a thuig mife nach d' rinn se ni fam bith a thoill bas, agus do bhri' gur thog sè fein a chùis gu Auguftus, fhunraich mi 'a chur *d'a ionnfuidh.*

26 Mu nach 'eil ni fam bith cinnteach agam r'a fgriobhadh chum mo Thighearna. Uime fin thug mi

* chathuich.

mi 'mach è d'ar ionnſuidhſe, agus gu h àraidh a' d' ionnſuidhſe, a righ Agrippa, chum taireis rannſach' dheanamh, gu 'm biodh agam ni-eigin r'a ſgriobhadh.

27 Oir is mi-reuſonach a' m' bheachd-ſa prìoſunach a chur *uam*, agus gun na cùiſean a 'ta 'na aghaidh ainmeachadh.

CAIB. XXVI.

2 *Ata Pòl ann làthair Agrippa, a' cur ann céill a chaithe'-beatha o òige,* 12 *agus cionnas a dh' ionpoicheadh è gu miorbhuileach, agus a ghoireadh è gu bhi 'na abſtol.* 24 *Ata Feſtus a' cur as a leith gu raibh è air a chuthach, agus eiſean a' freagairt gu sèimh.* 28 *Is beag nach 'eil Agrippa air aomadh gu bhi 'na Chriosduidh.* 31 *Ata chuideachd gu h iomlan 'g a mheas neo-chiontach.*

ANN ſin a dubhairt Agrippa re Pòl, Ata cead agad labhairt air do ſhon fein. Ann ſin ſhìn Pòl amach a lamh, agus f hreagair sè air a ſhon fein,

2 Ataim 'g am mheas fein ſona, a righ Agrippa, do bhri' gu bheil mi gu freagairt air mo ſhon fein an diu a' d' làthair-ſe, thaobh nan nithe ſin uile a 'ta air an cur as mo leith leis na h Iudhachaibh :

3 Gu h àraidh, do bhri' gur h aithne dhamh gu bheil thuſa eòlach air gach uile ghnàth agus ceiſd a 'ta am meaſg nan Iudhach : uime ſin, guidheam ort, eiſd rium gu foighidneach.

4 Ata mo bheatha-ſa uime ſin o m' òige, a chaitheadh air tùs am meaſg mo chinnich fein ann Ieruſalem, aithnichte do na h Iudhachaibh uile,

5 D' am b' aithne mi o thùs, (nam b'àill leo fia'nais a dheanamh) gu'n do chaith mi mo bheatha a'm' Phairiſeach, a reir an òrduigh a's teinne d'ar creidimh-ne.

6 Agus a noiſe 'ta mi 'm ſheaſamh fa bhreitheanas air ſon dòchais a' ghealladh a rinneadh le Dia d'ar n aithreachaibh ;

7 Chum am bheil dùil aig ar dà-threibh-dheug-ne teachd, a' deanamh feirbhis *do Dhia* a là agus a dh' oidhche do ghnàth ; agus air ſon an dòchais ſo, tha miſe, A righ Agrippa, air m' agairt leis na h Iu dhachaibh.

8 C'ar ſon a mheaſar libhſe mar ni do-chreidſin, gu'n dùiſgeadh Dia na mairbh ?

9 Gu deimhin mheas miſe ionnam fein, gu'm bu chòir dhamh mòran nithe a dheanamh ann aghaidh ainm Ioſa o Naſaret.

10 Ni mar an ceudna a rinn mi ann Ieruſalem : agus air faghail ùghdarrais o na h àrd-ſhagartaibh, dhruid mi mòran do na naoimh am prìoſunaibh ; agus 'n uair a chuireadh gu bàs iad, thug mi mo ghuth 'n *an* aghaidh.

11 Agus a' deanamh peanais orra gu minic ann s gach ſionagog, choi'-eignich mi *iad* gu blaiſpheme a labhairt ; agus air dhamh bhi gu romhòr air boile 'n an aghaidh, rinn mi geur-leanmhuin *orra*, eadhon gu * caithreachaibh coigreach.

12 Air a ſo 'n uair a bha mi dol gu Damaſcus, le cumhachd agus barantas o na h àrd-ſhagartaibh ;

13 Mu mheadhon-là, O righ, chunnairc mi air an t ſlighe ſolus o Neamh, bu ſhoilleire na ſolus na gréine, a' dealrachadh mu 'n cuairt orm, agus orra-ſan a bha 'g im'eachd maille rium.

14 Agus air tuiteam dhuinn uile air an talamh, chuala mi guth a' labhairt rium, agus ag radh ann ſa chainnt Eabhruidhich, A Shauil, a Shauil, c'ar ſon àta thu a' deanamh geur-leanmhuin orm ? *Is* cruaidh dhuitſe bhi breabadh ann aghaidh nan dealg.

15 Agus

* bailibh.

15 Agus a dubhairt mise, Co thu, a Thighearna? Agus a dubhairt eisean, Is mise Iosa air' am bheil thus' a' deanamh geur-leanmhuin.

16 Ach eirich, agus seas air do chosaibh: oir dh'fhoillsich mi mi fein duit chum na criche so, gu 'n òrduichinn thu a'd' mhinisteir agus a'd' fhia'nais araon air na nithibh sin a chunnairc thu, agus na nithibh ann sam foillsich mi mi fein duit;

17 Ga d' shaoradh o'n phobull, agus o na Cinneachaibh, chum am bheil mi 'nosse ga d' chur,

18 A dh' fhosgladh an sùl, agus g'an tionndadh o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain gu Dia, chum gu 'm faigh iad maitheanas peacaidh, agus oighreachd maille ris a' mhuintir sin a 'ta air an naomhachadh tre 'n chreidimh a 'ta annamsa.

19 * Uaithe sin, a righ Agrippa, cha raibh mi eas-umhal do 'n taisbean neamhaidh:

20 Ach shearmonaich mi air tùs dhoibhsin ann Damascus, agus ann Ierusalem, agus air feadh tìre Iudea uile, agus *ann sin* do na Geintileachaibh, iad a dheanamh aithreachais agus pilleadh re Dia, a' deanamh oibridh iomchu'idh † an aithreachais.

21 Air son nan nithe so ghlac na h Iudhaich mi san teampull, agus b' àill leo mo mharbhadh.

22 Uime sin air faghail congnamh dhamh o Dhia, bhuanaich mi gus an là 'n diu, a' deanamh fia'nais do'n bheag agus do 'n mhòr, gun ni air bith a labhairt ach na nithe sin a dubhairt na faidhean agus Maois a bha gu teachd:

23 Gu raibh Criosd gu fulang, *agus* gu raibh è gu eirigh an ceud neach o na marbhaibh, agus gu'm foillsicheadh è solus do 'n phobull, agus do na Geintileachaibh.

24 Agus air dha bhi labhairt nan nithe so air a shon fein, a dubhairt Festus le guth àrd, Ata thu ‡ air dhi-céille, a Phòil: ata mòr-fhòghlum ga d' chur air boile.

25 Ach a dubhairt eisean, Cha 'n 'eil mi air boile, Fhestuis ro-òirdheirc; ach labhram briathra na firinn agus na céille.

26 Oir ata fhios aig an righ, roimh 'm bheil mise labhairt gu saor, air na nithibh so: Oir ata cinnt' agam nach 'eil a h aon do na nithibh so ann ain-fhios da; oir cha 'n ann ann cùil a rinneadh an gniomh so.

27 Am bheil thu creidsin nam faidhean, a righ Agrippa? ata fhios agam gu bheil thu 'g*an* creidsin.

28 Ann sin a dubhairt Agrippa re Pòl, Is beag nach 'eil thu 'g am aomadh chum bhi 'm Chriosduidh.

29 Agus a dubhairt Pòl, B' fhearr leam gu faighinn a dh'athchuinge o Dhia, gu'm biodh cha 'n è amhain thusa, ach mar an ceudna iadsan uile a 'ta 'g eisdeachd rium an diu, ann am beag agus am mòr, mar ata mise, saor o na geimhlibh so.

30 Agus air dha na briathra so a labhairt, dh' eirich an righ, agus an t uachdaran, agus Bernice, agus an dream a shuidh maille riu.

31 Agus air dol a leith-taobh dhoibh, labhair iad r'a chéile, ag radh, Ni 'm bheil an duine so a' deanamh ni air bith toillteanach air bàs, no air geimhlibh.

32 Ann sin a dubhairt Agrippa re Festus, Dh' fheudta an duine so chur sa sgaoil, mur bhiodh gur thog sè a chùis gu Ceasar.

CAIB. XXVII.

1 *Ata Pòl a' gabhail luinge do'n Roimh,* 10 *ag innseadh roi'-làimh cuntart a' chùrsaidh, ach ni bheilthear a' toirt creideis da.* 14 *Ata siad air an séideadh chuige agus uaithe le stoirm, agus a' fulang lòng-bhriseadh;* 44 *gidheadh ata*

* Uime sin. † do'n aithreachas. ‡ air a chuthach.

ata fiad a' teachd air tìr gu tearuinte.

AGUS 'n uair a thugadh breith ſinne a ſheòladh do'n Eadailt', thug iad Pòl thairis maille re prioſunachaibh àraidh eile, do chaiptin-cheud d' am b' ainm Iulius, do chuideachd Auguſtuis.

2 Agus air dhuinn dol air luing le Adramittium, thog ſinn ar ſeoil, a' cur romhainn ſeòladh ſeachad air criochaibh na h Aſia, air do Ariſtarchus Macedonianach o Theſſalonica bhi maille ruinn.

3 Agus air an *là* màrach, thainig ſinn gu Sidon. Agus air do Iulius buntain gu * ſuairce re Pòl, leig è dha dol dh' ionnſuidh a chàirde chum co'-fhurtachd fhaghail.

4 Agus air dhuinn cur amach as ſin, ſheòl ſinn fuidh Chiprus, do bhri' gu raibh † na gaotha 'nar aghaidh.

5 Agus air ſeòladh dhuinn tre 'n fhairge 'ta làimh re Cilicia agus Pamphilia, thainig ſinn gu Mira ‡ *caithir* do Licia.

6 Agus fhuair an caiptin-cheud lòng ann ſin o Alecſandria, a bha ſeòladh do'n Eadailt, agus chuir è ſinn a ſteach innte.

7 Agus 'n uair a ſheòl ſinn gu mall rè mòrain do laithibh, agus a thainig ſinn air eigin fa chomhair Chniduis, do bhri' nach do leig a' ghaoth leinn, ſheòl ſinn fuidh Chrete, fa chomhair Shalmone:

8 Agus air dhuinn ſeòladh air eigin ſeachad air, thainig ſinn gu ionad àraidh d' an goir'ear, Na calaidh ſgiamhach, am fogus d' an raibh baile Laſea.

9 Agus air do mhòran àine dol ſeachad, 'n uair bha ſeòladoireachd a noiſe cuntartach, do bhri' gu'n deachaidh an troſga' cheana ſeachad, chomhairlich Pòl *iad,*

10 Ag radh riu, Fheara, ata mi ſaicſin gu 'm bi an t ſeòladoireachd ſo le § dochann agus call mòr, ni h é amhàin air an luchd agus air an luing, ach air ar n anmaibh fein.

11 Gidheadh, is mò chreid an caiptin-cheud an ſcip-fhear agus maighiſdir na luinge, na na nithe a labhradh le Pòl.

12 Agus do bhri' gu 'n raibh an cala neo-iomchu'idh gus an geamhradh a chaitheamh ann, b'i comhairle na cuid bu mhò ſeòladh as ſin mar an ceudna, agus nam feudadh iad air chor ſam bith teachd gu Phenice, cala do Chrete a 'ta 'g amharc chum an iar-dheas, *agus* an iar-thuath; agus fantuin re a' gheamhraidh *ann ſin.*

13 Agus 'n uair a ſhéid a' ghaoth a deas gu ciuin, ſhaoil iad gu'n d'fhuair iad an rùn, agus ag tog'ail an ſeòl dhoibh, ſdiuir iad re taobh Chrete.

14 Ach ann ceann beagain 'na dhiaigh ſin ſhéid gaoth ſtoirmeil 'na h aghaidh, d'an goir'ear Euroclidon.

15 Agus air bhi do'n luing air a ſuadachadh, agus gun chomas d'i dol ann aghaidh na gaoithe, leig ſinn ruidh dh'i.

16 Agus air dhuinn ruidh a ſligh ſuidh oilean beag àraidh d' am b' ainm Clauda, is ann le eigin a ranuig ſinn air a' bhàta:

17 Agus air dhoibh a thog'ail ſuas, ghnàthaich iad gach gleus-congnaimh, ag crioſadh na luinge fuidhpe; agus air dhoibh bhi fa eagal gu'n tuiteadh iad ſa bheoghaineamh, leag iad na ſeoil ſios, agus mar ſin ‖ dh' iomaineadh iad,

18 Agus air dhuinne bhi gu romhòr air ar** luaſgadh leis an ſtoirm, air an là 'na dhiaigh ſin thilg iad amach *an luchd;*

19 Agus air an treas *là* thilg ſinn le 'r làmhaibh ſein amach acfuin na luinge.

20 Agus 'n uair nach raibh a' H h † ghrian

* caoimhneil. † an ſoirbheas. ‡ baile.
** ſéideadh o thonn gu tonn. § maſladh. ‖ dh' fhuada'chcadh iad.

ghrian no na reulta r'am faicſin rè mòrain laithibh, agus a luidh ſtoirm nach bu bheag oirn', thugadh ann ſin uainn gach uile dhòchas gu teaſairgteadh ſinn.

21 Ach air dhuinn bhi fada 'n ar troſg, ann ſin air ſeaſamh do Phòl 'n am meadhon, a dubhairt sè, Fhea a, bu chòir dhuibh mo chomhairle-ſe ghabhail, agus gun fhuaſgladh o Chrete, agus an dochann agus an call ſo a ſheachnadh.

22 Agus a nois guidheam oirbh, biodh miſneach mhaith agaibh: oir cha bhi call anama ſam bith 'n ar measg, ach *amhàin* na luinge.

23 Oir air an oidhche nochd ſheas làmh riumſa aingeal an De ſin, d'am buin mi, agus d'an deanam ſeirbhis,

24 Ag radh, A Phòil, na biodh eagal ort; is eigin duit bhi air do thoirt ann làthair Cheaſair: agus feuch, * thiodhlaic Dia dhuit iadſan uile a 'ta ſeòladh maille riut.

25 Uime ſin, Fheara, biodh agaibh deadh-mhiſneach: oir ata mi 'creidſin Dhe, gu 'n tachair eadhon mar a labhradh rium.

26 Ach is eigin duinn bhi air ar tilgeadh air oilean àraidh.

27 Agus 'n uair a bha an ceathramh-oidhche-deug air teachd, air dhuinne bhi air ar ſeideadh chuige agus naithe ann *cuan* Adria, mu mheadhon-oidhche b'i bar'ail nam mairichean gu raibh iad am fogus do thìr eigin:

28 Agus air † leigeadh na luaidhe ſios doibh, fhuair iad *an doimhne* fichead aitheamh: Agus 'n uair a chuaidh iad beagan air an aghaidh, leig iad ſios an luaidh a-rìs, agus fhuair iad i *'na* cuig-aitheamh-deug.

29 Ann ſin air bhi dhoibh fa eagal gu 'm buaileadh iad air ionadaibh garbha, thilg iad ceithir acraichean a deireadh na luinge, agus ghuidh iad an là a theachd.

30 Agus 'n uair a bha na mairichean air ‡ tì teicheadh amach as an luing, agus a leig iad ſios am bàta do 'n fhairge, a' gabhail orra bhi tilgeadh amach acraichean a toiſeach na luinge,

31 Dubhairt Pòl ris a' chaiptincheud, agus ris na ſaighd-fhearaibh, Mur fan iad ſin ſan luing, cha 'n 'eil è 'n comas duibh bhi air bhur teaſairgin.

32 Ann ſin ghearr na ſaighd-fheara § cùird a' bhàtaidh, agus leig iad leis tuiteam ſios.

33 Agus am feadh a bha an là a' teachd, thug Pòl a chombairl' orra uile biadh a ghabhail, ag radh, Is è ſo an ceathramh-là-deug dhuibh a' feitheamh, agus a' fantuin 'n ar troſg, gun bhiadh ſam bith a ghabhail.

34 Uime ſin guidheam oirbh biadh a ghabhail; oir ata ſo chum bhur ſlainte: oir cha ‖ chaillear foiltean a ceann a h aon agaibh.

35 Agus air dha na nithe ſo labhairt, agus aran a ghlacadh, thug è buidheachas do Dhia 'n an làthair uile, agus air a bhriſeadh dha, thoſaich è re itheadh.

36 Ann ſin ghlac iad uile miſneach chuca, agus ** chaith iadſan biadh mar an ceudna.

37 Agus bha ſinn a dh'anamaibh uile ann ſan luing, dà cheud agus ſea-deug agus tri fichead.

38 Agus 'n uair a ſhàſuicheadh iad le biadh, dh' eatromaich iad an lòng, agus thilg iad amach an cruinneachd ſa chuan.

39 Agus 'n uair a bha 'n là air teachd, cha d'aithnich iad am fearann: ach thug iad an aire do †† lùib àraidh aig an raibh tràigh, ann san raibh mhiann orra, nam bu chomas doibh, an lòng a chur gu tìr.

40 Agus

* ghibht. † grunnachadh dhoibh. ‡ fonn. †† gheodha, ſhàilean. § todhacha. ‖ tuit. ** ghabh.

40 Agus air tog'ail nan acraichean doibh, leig iad ris a' chuan *i*, agus 'nuair a dh' fhuasgail iad ceanglaichean na sdiuire, agus a thog iad am priomh-sheòl ris a' ghaoith, * sheòl iad chum na tràighe.

41 Agus air tuiteam dhoibh ann ionad *àraidh* far an do choinnich dà fhairg' a chéile, bhuail iad an lòng air grùnd; agus air sàthadh d'a toiseach sa ghrùnd, dh'fhan è gun charachadh, ach bhriseadh a deireadh le ain-neart nan tonn.

42 Agus b'i comhairle nan saighdfheara gu marbhadh iad na prìosunaich, air eagal gu 'n snàmhadh neach sam bith ac' amach, agus gu rachadh iad as.

43 Ach air bhi do'n chaiptin-cheud toileach Pòl a theasairgin, chum è air ais o 'n comhairl' iad, agus dh' àithn è dhoibhsin d' am b' aithne snàmh *iad fein* a thilgeadh sa chuan air tùs, agus dol amach air tìr:

44 Agus do chàch *dh'àithn è*, cuid aca *dhol* air clàraibh, agus cuid eile air *mòraibh briste* do 'n luing: agus mar sin tharladh gu 'n deachaidh iad uile tearuinte gu tìr.

CAIB. XXVIII.

1 *Ann diaigh 'n lòng-bhriseadh thug an sluagh borb aoidheachd gu suairce do Phòl.* 5 *Cha do chiurradh a làmh le naithir nimhe a lean ria.* 8 *Tha è a' slànuchadh mòrain ea-caile san oilean.* 11 *Ata iad a' gabhail an turuis chum na Ròimhe.* 17 *Ata è cur ann céill do na h Iudhachaibh àdhbhar a theachd.* 24 *Taireis da fear-moin a dheanamh tha cuid air ah iompochadh, agus cuid nach 'eil:* 30 *Gidheadh ata sè a' searmonach' ann sin rè dhà bhliadhna.*

AGUS 'nuair a thearnadh iad, thuig iad ann sin gur b'è Melita ainm an oilein.

2 Agus nochd an sluagh borb caoimhneas nach bu bheag dhuinn: oir air fadadh teine dhoibh, ghabh iad ruinn uile, air son an uisge a bha ann, agus air son an fhuachd.

3 Agus air do Phòl dorlach bhioran a thional, agus an cur air teine, thainig naithir nimhe amach as an teas, agus shàs i 'na làimh.

4 Agus 'nuair a chunnairc an sluagh borb a' phéisd ann crochadh r'a làimh, a dubhairt siad r'a chéile, Gu cinnteach is mort-fhear an duine so, da nach d'fhulaing dioghaltas bhi beo, ge do theasairgeadh o'n fhairge è.

5 Agus air dha-san a' phéisd a chrathadh dheth ann san teine, cha d' fhulaing è dochann sam bith.

6 Ach bha iadsan a' feitheamh c'uin a dh' atadh è, no a thuiteadh è fios marbh gu grad: ach 'nuair a dh' fheith iad ùine fhada, agus nach fac' iad dochann sam bith a' teachd air, air caochladh an innsin dhoibh, a dubhairt iad gur Dia è.

7 Agus bha mu thimchioll an àite sin fearann aig priomh-dhuine an oilein, d'am b'ainm Publius, a ghabh ruinne agus a thug rè thri' làith' aoidheachd dhuinn gu cairdeil.

8 Agus tharladh gu raibh athair Phublius 'na luidhe gu tinn le fiabhrus, agus gearrthach fola: air do Phòl dol a steach d'a ionnsuidhse, rinn sè ùrnuigh, agus air dha a lamha chur air, leighis sè è.

9 Agus 'nuair a rinneadh so, thainig mar an ceudna muintir eile a bha ea-san san oilean d'a ionnsuidh, agus leighiseadh iad:

10 Muintir mar an ceudna a † thug onoir mhòr dhuinne, agus ag falbh dhuinn, chuir iad na nithe sin leinn a bha feumail *duinn*.

11 Agus ann diaigh thri mìosa sheòl sinn air falbh ann luing o Alecsandria, a chaith an geamhradh san oilean, d'am bu fhuaitheantas Castor agus Pollucs.

12 Agus

* thug.

† dh' onoraich sinn le iomadh onoir.

12 Agus air teachd tìr dhuinn aig Siracuse, dh'fhan sinn *ann sin* tri laithe.

13 Agus air seòladh dhuinn timchioll as sin, thainig sinn gu Rhegium: agus ann ceann là 'na dhiaigh sin shéid a' ghaoth a deas, agus thainig sinn an t ath-là gu Puteoli:

14 Air dhuinn bràithre fhaghail ann sin, chuireadh impidh oirn' *leosan* fantuin seachd laith' maille riu: agus mar sin thriall sinn chum na Roimhe.

15 Agus as sin, air faghail ar fgéil do na bràithribh, thainig iad * d' ar comh-dhail gu Appii-forum, agus na Tri † tighibh-òsda; agus 'n uair a chunnairc Pòl iad, thug è buidheachas do Dhia, agus ghabh sè misneach.

16 Agus 'n uair a thainig sinn do'n Roimh, thug an caiptin-cheud thairis na prìosunaich uile do chaiptin a ghaird: ach thugadh comas do Phòl a bhi leis fein, maille re *aon* faighd-fhear a bha 'g a choimhead.

17 Agus tharladh, ann diaigh thri' làith', gur ghairm Pòl maithean nan Iudhach ann ceann a chéile. Agus 'n uair a chruinnicheadh iad, a dubhairt sè riu, Fheara *agus* a bhràithre, ge nach d' rinn mise ni sam bith ann aghaidh a' phobuill no ghnàthanna nan athracha, thugadh thairis mi a'm' phrìosunach o Hierusalem do lamhaibh nan Romhanach.

18 Muintir taireis dhoibh mo cheasnachadh, leis am bu mhiann mo leigeadh as, do bhri' nach raibh coire bàis sam bith ionnam.

19 Ach 'n uair a bha na h Iudhaich a' labhairt ann aghaidh *sin*, b' eigin damh mo chùis a thog'ail gu Ceasar; cha 'n è gu raibh coire air bith agam r'a chur a leith mo chinnich.

20 Air an adhbhar so uime sin chuir mi fios oirbhse, chum gu faicinn *sibh*, agus gu'n labhrainn *ribh*: oir is ann air son dochais Israeil ata mi ceangailte leis an t slabhraidh so.

21 Agus a dubhairt iadsan ris, Cha d'fhuair sinne litriche sam bith a tucea mu d' thimchioll, cha mhò a dh'fhoillsich no dh' innis a h aon do na bràithribh a thainig, olc sam bith ort.

22 Ach bu mhaith leinn a chluinntin uaitse ciod i do bhar'ail: oir mu thimchioll na gnè chreidimh so, ata fhios againn gu 'n labhrar s gach àite na h aghaidh.

23 Agus air suidheachadh là ris, thainig mòran d'a ionnsuidh chum a cheithreanna; agus mhinich è rioghachd Dhe dhoibhsin, a' deanamh fia'nais uimpe, agus a' ‡ dearbhadh dhoibh *le earail* na nithe a bhuineas do Iosa, araon a lagh Mhaois, agus *as* na faidhibh, o mhaidin gu feasgar.

24 Agus chreid cuid na nithe a labhradh, agus cha do chreid cuid eile dhiubh.

25 Agus air dhoibh bhi ann aghaidh chéile, fgaoil iad, air do Phòl aon fhocal a radh, Is maith a labhair an Spiorad naomh tre 'n fhaidh Esaias, r'ar n aithreachaibh,

26 Ag radh, Im'ich chum a' phobuill so, agus abair, Le eisdeachd cluinnidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le faicsin chi sibh, agus cha 'n aithnich sibh.

27 Oir ata croidhe a' phobuill so air tàs reamhar, agus ataid a' cluinntin gu mall le 'n cluasaibh, agus § chaog iad an sùilean; air eagal gu faiceadh iad le 'n suilibh, agus gu'n cluinneadh iad le 'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le 'n croidhe, agus gu'm pilleadh iad, agus gu'n slànuichinns' iad.

28 Uime sin biodh fhios agaibhse, gur

* 'n ar coinneamh. † tabhernibh. ‡ cur impidh orra a thacbh. § dhruid.

gur chuireadh ſìàinte Dhe chum nan Cinneach, agus eiſdidh iadſan.

29 Agus 'nuair a dubhairt è na briathra ſo, dh' imich na h ſudhaich rompa, agus bha mòr-reuſonachadh aca catorra fein.

30 Agus dh' fhan Pòl dà bhliadhna iomlan 'na thigh-màil fein, agus ghabh è ris gach uile dhaoinibh a thainig d'a ionnſuidh,

31 A' ſearmonachadh rioghachd Dhe, agus a' teagaſg na' nithe a bhuineas do'n Tighearna Ioſa Crioſd, leis an uile dhànachd, gun toirmeaſg.

LITIR an ABSTOIL PHOIL chum nan ROMHANACH.

CAIB. I.

1 *'Ta Pòl a' moladh * oifig do na Romhanachaibh, agus ag innſeadh a thograidh gu teachd d'an ionnſuidh.* 9 *Creud è a ſhoiſgeul, agus an fhìreantachd ata sè foillſeachadh.* 16 *Ata fearg aig Dia ris gach uile ghnè pheacaidh.* 18 *Creud iad peacaidh nan Cinneach.*

POL ſeirbhiſeach Ioſa Crioſd, a ghairmeadh 'na abſtol, a ſgaradh chum Soiſgeil De,

2 (A roimh-gheall è leis fhàidhibh fein ann ſna ſgriobtuiribh naomha)

3 Mu thimchioll a Mhic Ioſa Crioſd ar Tighearna, a rinneadh do fhìol Dhaibhidh, reir na feòla,

4 A dhearbhadh *bhi* 'na Mhac do Dhia le cumhachd, a reir Spiorad na naomhachd, tre ais-eirigh o na marbhaibh:

5 Tre an d' fhuair ſinne gràs agus abſtolachd chum umhlachd a' chreidimh am meaſg nan uile chinneach air ſgà' ainm-ſan:

6 'Meaſg am bheil ſibhſe fòs air bhur gairm le Ioſa Crioſd.

7 Chum nan uile a 'ta ſan Ròimh, air an gràdhachadh le Dia, air an gairm 'nan naoimh: Gràs *gu raibh* dhuibhſe, agus ſioth-chaint o Dhia ar n Athair, agus *o'n* Tighearna Ioſa Crioſd.

8 Air tùs, ata mi toirt buidheachais do m' Dhia trìd Ioſa Crioſd, air bhur ſon-ſa uile, do bhri' gu bheil bhur creidimh iomraiteach air feadh an domhain uile.

9 Oir is è Dia m' fhia'nais, d' am bheil mi a' deanamh ſeirbhis le m' ſpiorad ann an ſoiſgeul a Mhic, gu bheil mi gun ſgur a' deanamh iomradh oirbh a ghnà' ann am ùrnuighibh,

10 Ag guidhe' (nam feudainn anoiſe ſa-dheoidh air aon chor le toil De turus ſoirbh † fhaotain) teachd d'ar ionnſuidh ſe.

11 Oir ata ‡ deidh agam air ſibhſe fhaicſin, ionnas gu pàirticheam tiodhlacadh àraidh ſpioradail ribh, chum bhur neartachadh;

12 Sin re radh, chum gu fuighinn comh-fhurtachd § ionnaibhſe, trìd chreidimh a chéile, bhur creidimh-ſe agus mo chreidimh-ſe.

13 Agus ni h àill leam, a bhràithre, è bhi 'n ain-fhios duibhſe gur chuir mi romham gu minic teachd d'ar n ionnſuidh, (ach bhacadh mi gus a ſo) chum gu ſuighinn toradh éigin 'n ar meaſg-ſa fòs, mar a' meaſg nan Cinneach eile.

14 Oir ata mi fuidh fhiachaibh faraon do na Greugachaibh, agus do na daoinibh borba, araon dhoibh-ſin

* a dhreachd.

† fhaghail. ‡ togradh. § maraon ribhſe.

ſin a 'ta glic, agus dhoibhſin a 'ta neo-ghlic.

15 Mar an ceudna, mhèud 's ata 'n comas damh, ata mi ullamh chum an ſoiſgeul a ſhearmonachadh dhuibhſe fòs a 'ta ſan Roimh.

16 Oir ni 'm bheil nàire orm do ſhoiſgeul Chrioſd: oir is è cumhachd Dhe è chum ſlàinte, do gach uile a chreideas, do'n Iudhach air tùs, agus fòs do'n Ghreugach.

17 Oir ata fìreantachd Dhe air a foillſeachadh ann o chreidimh gu creidimh: amhuil ata ſgriobhta, Bithidh am fìrean beo tre chreidimh.

18 Oir ata ſearg Dhe air a foillſeachadh o neamh ann aghaidh gach uile mhi-dhiadhuigheachd, agus eacoir dhaoine, a 'ta cumail na fìrinn ann neo-fhìreantachd.

19 Do bhri' gu bheil an ni a dh' fheudar a thuigſin do Dhia follaſach * annta-ſan; oir rinn Dia follaſach dhoibh è.

20 Oir *riamh* o chruthachadh an tſaoghail ata a nithe-ſin nach fheudar fhaicſin, *eadhon* a chumhachd ſiorruidh agus a Dhiadhachd, air am faicſin gu foilleir, air dhoibh bhi ſo-thuigſin o na nithibh a rinneadh; † chum gu biodh iad gun leith-ſgeul aca:

21 Do bhri' 'nuair a b' aithne dhoibh Dia, nach d' thug iad glòir dha mar Dhia; agus nach raibh iad taingeil, ach dh'fhàs iad diomhaoin ann nan reuſonacha' fein, agus dhorchaicheadh an croidhe amaideach.

22 Ag radh gur daoine glice iad ſein, rinneadh amadain diubh:

23 Agus chaochail iad glòir an De neo-thruaillidh, gu ‡ coſamhlachd iomhaigh dhuine thruaillidh, agus èunlaithe, agus ainmhighidh ceithir-chofach, agus phéiſde a lhnàigeas.

24 Uime ſin thug Dia thairis iad mar an ceudna, tre ain-mhiannaibh an croidhe fein, chum neo-ghloine, a thoirt eas-onoir d'an corpaibh fein eatorra fein:

25 Muintir a chaochail fìrinn De gu bréig, agus thug iad àdhra' agus rinn iad ſeirbhis do'n chreatuir ni 's mò na do'n Chruith-fhear, a 'ta beannuichte gu ſiorruidh. Amen.

26 Air a ſhon ſo thug Dia thairis iad do ain-mhiannaibh gràineala: Oir chaochail eadhon am mnài an gnàthacha' nàdurra chum a' ghnà' a 'ta 'n aghaidh nàduir.

27 Agus mar an ceudna na fir, air treigſin doibh gnàthacha' nàdurra na mnà, loiſgeadh iad le 'n togradh d'a chéile, firionnaich re firionnachaibh agoibreachadh §gràineileachd, agus iad a' faghail dìoltuarafdail an feachrain annta fein, mar bu chòir.

28 Agus amhuil mar nach bu taitneach leo eòlas De a chumail, thug Dia thairis iad do ſinntin mhi-chéillidh, a dheanamh nithe nach b'iomchuìdh:

29 Air dhoibh bhi air an lionadh do 'n uile ea-coir, ſtrìopachas, olc, ſhannt, mhi-ruin, làn do fharmad, do mhorta, do choſtribh, do cheilg, do ‖ eas-caoineachd; 'n an luchd cogarſaich,

30 Cùl-chàineadh, 'n an luchd fuath air Dhia, 'n an luchd tarcuis, uaibhreach, bòſdail, 'n an luchd cumadh uilc, eas-umhal do phàrantaibh,

31 Ea-céillidh, 'n an luchd-brifidh cùmhnaint, gun ghràdh nàdurra, ‡‡ do-ſhiochaitheach, gun iochd:

32 Muintir d' an aithne ceartas De (gu bheil iadſan a ni an leithide ſin do nithibh toillteanach air bàs) *gidheadh* ni h è 'mhàin gu bheil iad fein

* dhoibhſin. † ionnas gu bhuil. truaillidh. § an ni ſin a 'ta mi-chiatfach. ‡ iomhaigh a rinneadh coſmhuil re duine ‖ mhi-thlus. ‡‡ neimh-réiteach.

fein 'g an deanamh, 'ach ata * mar an ceudna tlachd aca do'n mhuintir a ni iad.

CAIB. II.

1 *Iadſan a 'ta peacachadh, ge do tha iad a' cronachadh ſo ann daoinibh eile, cha 'n urradh iad an leithſgeul fein a ghabhail,* 6 *agus is nòr is lugha na ſin a dh' fheudas iad dol as o cheart-bhreitheanas De, ma 's Iudhaich no Geintilich iad.* 14 *Ni 'm bheil na Geintilich comaſach air dol as,* 17 *no idir na h Iudhaich,* 25 *da nach bheil feum ſan timchioll-ghearra', mur coimhead iad an lagh.*

UIME ſin ata thu gun leithſgeul, O a dhuine, cia air bith thu a 'ta toirt breith: oir ann ſan ni ſin am bheil thu toirt breith air neach eile, 'ta thu ga d' dhìteadh fein; oir thuſa a 'ta toirt breith, tha thu deanamh nan nithe ſin fein.

2 Ach ata fios againne gu bheil breitheanas De a reir fìrinn, 'n aghaidh na muintir a 'ta deanamh † ion-ſamhuil nan nithe ſin.

3 Agus an ſaoil thuſa ſo, O a dhuine, a 'ta toirt breith orra-ſan a ni an leithide sùd, agus a 'ta 'g an deanamh thu fein, gu'n d' theid thu as o bhreitheanas De?

4 No 'n dean thu tarcuis air ſaibhreas a mhaitheis, agus fhoighidin, agus fhad-fhulangais; gun fhios bhi agad gu bheil maitheas De ga d' threòrachadh chum aithreachais?

5 Ach a reir do chruais agus do chroidhe neo-aithreachail, ata thu ‡ càrnadh fuas feirge dhuit fein fa chomhair là na feirge, agus foillſeachadh ceart bhreitheanais De;

6 Neach a bheir do gach aon a reir a ghniomhartha:

7 Dhoibhſin a'ta le buanachadh gu foighidneach ann deadh obair, ſg iarraidh glòir', agus onoir, agus neo-bhàſmhorachd; a' bheatha mhairtheanach:

8 Ach dhoibhſin a 'ta conſpoideach, agus nach 'eil umhal do 'n fhìrinn, ach a 'ta umhal do'n eacoir; *a bheir* diom agus fearg;

9 Triobloid agus amhghar air gach anam duine a 'ta deanamh uilc, do'n Iudhach air tùs, agus fòs do 'n Ghreugach.

10 Ach glòir, agus onoir, agus ſioth-chaint, do gach uile dhuine a ni maith, do'n Iudhach air tùs, agus do'n Ghreugach mar an ceudna.

11 Oir ni bheil § cion aig Dia air pearſuin ſeach a chéile.

12 Oir a mhèud 's a pheacaich gun an lagh, || theid iad am mugha gun an lagh: agus a mhèud 's a pheacaich** ann ſan lagh, dìtear iad leis an lagh.

13 (Oir cha 'n iad luchd-eiſdeachd an lagha a 'ta 'n am fìreanaibh am fia'nais De, ach bithidh luchd-deanta an lagha air †† am fìreanachadh.

14 Oir 'n uair ata na Cinnich aig nach 'eil lagh, a thaobh nàduir ag deanamh nan nithe a 'ta ſan lagh, air dhoibh ſin bhi gun lagh ata iad 'n an lagh dhoibh fein:

15 Muintir a 'ta nochdadh obair an lagha ſgriobhta 'n an croidheachaibh, air bhi d'an coguis ag deanamh fia'nais leo, agus an ſmuaintidh eatorra fein 'g an agairt, no fòs a' gabhail an leith-ſgeil)

16 San là ann toir Dia breith air nithibh uaigneach dhaoine, a reir mo ſhoiſgeilſe, tre Iofa Criofd.

17 Fèuch, goir'ear Iudhach dhiot, agus ata thu cur dòigh ſan lagh, agus a' deanamh uaill a Dia;

18 Agus is aithne dhuit a thoil, agus ata thu ‡‡ dearbhadh nan nithe a's fearr, air dhuit bhi air do theagaſg as an lagh,

19 Agus ata thu dòchaſach gur ceann-

* iad mar an ceudna ag aontachadh leo-ſan, &c. † leithid. ‡ taſgaidh. § ſpéis aig Dia do ſgriosfar iad. ** fuì' 'n lagh. †† an ſaoradh o chionta peacaidh. ‡‡ gabhail tlachd do na nithibh

* ceann-iuil thu fein do na dallaibh, ſolus dhoibhſin a 'ta ann dorchadas,

20 Fear-fòghluim do dhaoinibh neo-eagnaidh, fear-teagaiſg do leanabaibh, aig am bheil ſamhladh an eòlais agus na fìrinn a 'ta ſan lagh.

21 Thuſa uime ſin a 'ta teagaſg neach eile, nach 'eil thu ga d' theagaſg fein? thuſa a 'ta ſearmonachadh gun ghoid a dheanamh, am bheil thu re goid?

22 Thuſa a deir gun adhaltrannas a dheanamh, am bheil thu deanamh adhaltrannais? thuſa le 'n gràin iodhola, am bheil thu re † naoimh-mheirleadh?

23 Thuſa a 'ta deanamh uaill as an lagh, an toir thu, le briſeadh an lagha, eas-onoir do Dhia?

24 Oir ata ainm Dhe a' faghail toibheim d'ar taobhſa 'meaſg nan Cinneach, mar ata è ſgriobhta.

25 Oir ata tairbhe gu fìrinneach ann ſan timchioll-ghearra', ma choimheadas tu an lagh: ach ma 's fear-briſidh an lagha thu, ata do thimchioll-ghearra' 'n a neo-thimchioll-ghearra' dhuit.

26 Uime ſin, ma choimheadas an neo-thimchioll-ghearra' fìreantachd an lagha, nach meaſar a neo-thimchioll-ghearra'-ſa mar thimchioll-ghearra'?

27 Agus nach dìt an neo-thimchioll-ghearra' thaobh nàduir, a 'ta ag coimhead an lagha thuſa, a 'ta tre 'n litir agus tre 'n timchioll-ghearradh a' d' fhear-briſidh an lagha?

28 Oir cha'n Iudhach eiſean, a 'ta mar ſin o'n leith 'muigh; agus cha 'n è an timchioll-ghearra' ſin, a 'ta gu follaſach ann ſan fheoil.

29 Ach is Iudhach eiſean, a 'ta mar ſin ‡ ſan taobh a ſtigh; agus 's è ſin an timchioll-ghearra' a 'ta ann ſa chroidhe, agus ann ſan ſpiorad, cha 'n ann ſan litir, aig am bheil a chliu ni h ann o dhaoinibh, ach o Dhia.

CAIB. III.

1 *Sochair nan Iudhach; 3 nach do chaill iad: 9 gidheadh ata an lagh 'gam fòg'ail ſhios mar an ceudna thaobh peacaidh. 20 Uime ſin cha 'n 'eil feoil air bith air a ſaoradh tre 'n lagh, 28 ach ata gach uile air an ſaoradh trìd creidimh amhàin, 31 gidheadh ni bheil an lagh air a chur gu neobrì'.*

CREUD è uime ſin barrachd an Iudhaich? no creud è tairbhe an timchioll-ghearraidh?

2 Is mòr *ſin* air gach uile dhòigh: air tùs, do bhrì' gur ann riu-ſan a dh' earbadh § briathra Dhe.

3 Oir creud è *ſin* ge nach do chreid cuid? an dean a' mi-chreidimh-ſin fìrinn Dhe gun eifeachd?

4 Nar leigeadh Dia: ach biodh Dia fior, agus gach uile dhuine 'n a bhreugoire; reir mar ata è ſgriobhta, Chum gu biodh tu ceart ann do bhriathraibh, agus gu'n d' thugadh tu buaidh 'n uair a bheir'ear breith ort.

5 Ach ma mholas ar neacoir-ne fìreanteachd Dhe, creud a deir ſinn? am bheil Dia ea-corach a 'ta deanamh dioghaltais? (labhram mar dhuine)

6 Nar leigeadh Dia: || no cionnas a bheir Dia breith air an t ſaoghal?

7 Oir ma 'ta fìrinn Dhe tre mo bhréig-ſe air a mèudachadh chum a ghlòire; c'ar ſon ata miſe fòair mo dhìteadh mar pheacach?

8 Agus creud fa nach dean ſinn olc, chum gu'n d' thig maith as (mar a labhrar gu toibheumach umain-ne, agus mar a deir cuid gu bheil ſinn ag radh) *maintir* a 'ta an damanadh a reir ceartais.

9 Creud uime ſin? am bheil barrachd againne? ni bheil air aon chor: oir dhearbh ſinn roimhe g bheil araon na h Iudhaich agus n Geintilich uile fuidh pheaca';

10 Ma

* fear-feòlmidh. † i. e. a' goideadh nithe naomha. ‡ am folach. § òracla. || ſa chàs ſin.

10 Mar ata è ſgriobhta, Cha 'n 'eil ionracan ann, cha 'n 'eil fiu a h aon :

11 Cha 'n 'eil neach *ann* a thuigeas, cha 'n 'eil neach *ann* a 'ta 'g iarraidh Dhe.

12 Chlaon iad uile *as an t ſlighe*, tha iad uile mi-tharbhach, cha'n 'eil neach a 'ta deanamh maith, cha 'n 'eil fiu a h aon.

13 Is uaigh fhoſgailte an ſcornach ; labhair iad cealg le 'n teangaibh ; 'ta nimh nan nathracha nimhe fuidh 'm bilibh :

14 Aig am bheil am beul làn do mhallacha' agus do ſhearbhas.

15 *Ata* an coſa luath chum fuil a dhòrtadh.

16 'Ta briſe-croidhe agus truaigh' 'n an ſlighibh :

17 Agus ſlighe na ſiothchaint cha b' aithne dhoibh.

18 Cha 'n 'eil eagal De fa chomhair an sùl.

19 'Noiſe 'ta fhios againn ge b'è nithe 'ta 'n lagh a' labhairt, gur ann riu-ſan ata fuidh 'n lagh ata è 'g an labhairt : chum gu druidfeadh gach uile bheul, agus gu 'm biodh an faoghal uile * ciontach am fia'nais De.

20 Uime ſin cha bhi feoil air bith air a fìreanachadh, 'n a fhia'naisſin, tre oibribh an lagha : oir *is ann* tre an lagh ata eòlas peacaidh.

21 Ach a noiſe 'ta fìreantachd Dhe air a foillſeachadh as eugmhais an lagha, ag faghail fia'nais o'n lagh agus o na faidhibh ;

22 Eadhon fìreantachd Dhe tre chreidimh Ioſa Crioſd, do gach uile, agus air gach uile a chreideas ; oir ni bheil eidir-dhealacha' ann ;

23 Oir pheacaich gach uile, agus tha iad † fa dheireadh air glòir Dhe;

24 Air dhoibh bhi air am fìreanachadh gu ſaor le a ghràs, tre an t ſaorſa atà ann Ioſa Crioſd :

25 Neach a dh' òrduich Dia 'n a ìobairt-réitich, trìd creidimh 'n a fhuil, chum fhìreantachd fhoillſeachadh le maitheanas nam peacaidh a chuaidh ſeachad, tre fhadfhulangas De ;

26 A dh' fhoillſeachadh, *deiream*, fhìreantachd-ſan fan àm a 'ta làthair : chum gu 'm biodh è comhthromach, agus gu 'm fìreanaicheadh è an ti chreideas ann Ioſa.

27 C'àit' uime ſin *am bheil* uaill ? Dhruideadh amach i. Creud è an lagh *leis an do dhruideadh amach i ? an è lagh* nan oibridh ? Ni h è ; ach tre lagh a' chreidimh.

28 Ata ſinn uime ſin ‡ a' co'dhùnadh, gu bheil duine air fhìreanachadh tre chreidimh as eugmhais oibridh an lagha.

29 An è Dia nan Iudhach amhàin è ? Nach è mar an ceudna Dia nan Cinneach ? Gu deimhin *is è Dia* nan Cinneach ſòs *è :*

30 Do bhrì' gur aon Dia, a § dh' fhìreanaicheas an timchioll-ghearra' o chreidimh, agus an neothimchioll-ghearra' tre chreidimh.

31 Am bheil ſinn uime ſin a' cur an lagha ann neimh-bhrigh tre 'n chreidimh ? Nar leigeadh Dia : ach ata ſinne a' ‖ neartachadh an lagha.

CAIB. IV.

1 *Mheaſadh creidimh Abraham dha mar fhìreantachd,* 10 *mun do thimchioll-ghearradh è.* 13 *Tre chreidimh amhàin ſhealbhaich è ſein agus a ſhliochd an gealla',* 16 *Is è Abraham athair nan uile dhaoine a'ta creidſin.* 24 *Bithidh ar creidimh-ne mar an ceudna air a mheas duinn mar fhìreantachd.*

CREUD ma ſeadh a deir ſinn a fhuair ar n athair Abraham, a reir na feòla ?

2 Oir nam biodh Abraham ** air fhìreanachadh le oibribh, ata àdhbhar uaill aige, ach ni h ann a thaobh Dhe.

† Ii 3 Oir

* buailteach do bhreith-dhìte'. † dhei'-laimh. ** air a ſhaoradh.

‡ a' meas. § ſhaoras. ‖ daingneachadh.

3 Oir creud a deir an sgriobtuir? Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da * mar shìreantachd

4 'Noise do'n ti a ni obair, ni h ann a thaobh gràis a mheasar an tuarasdal da, ach a thaobh féich.

5 Ach do'n ti nach dean obair, ach ata creidsin ann san ti a † dh'fhìreanaicheas an duine mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh dha mar fhìreantachd.

6 Amhuil mar ata Daibhidh fòs a' cur ann céill beannacha' an duine sin d'am meas Dia fìreantachd as eugmhais oibridh, ag radh,

7 Is beannuichte iadsan a fhuair maitheanas 'n an ea-ceirtibh, agus aig am bheil am peacaidh air am folach.

8 Is beannuichte an ti nach cuir an Tighearna peacadh as a leith.

9 Am bheil ma seadh am beannacha' so *teachd* air an timchioll-ghearradh *amhàin*, no fòs air an neo thimchioll-ghearra'? Oir deireamaid gur mheasadh creidimh do Abraham mar fhìreantachd.

10 Cionnas ma seadh a mheasadh *dha* è? An ann 'nuair bha è san timchioll-ghearra', no san neo-thimchioll-ghearradh? Ni h ann san timchioll-ghearra', ach san neo-thimchioll-ghearra'.

11 Agus fhuair è comhar' an timchioll-ghearraidh, seula fìreantachd a' chreidimh a bha aige san neo-thimchioll-ghearra': chum gu 'm biodh è 'n a athair aca-san uile a 'ta creidsin, san neo-thimchioll-ghearra': chum gu measadh fìreantachd dhoibhsin mar an ceudna:

12 Agus 'n a athair an timchioll-ghearraidh dhoibhsin ata ni amhàin do'n timchioll-ghearra', ach mar an ceudna a 'ta 'g imtheachd ann an ceimnibh a' chreidimh sin ar n athar Abraham, a bha aige san neo-thimchioll-ghearra'.

13 Oir ni b' ann tre 'n lagh a thugadh an gealla' do Abraham no d'a shiol, Gu'm biodh è 'n a oighre air an t saoghal, ach tre fhìreantachd a' chreidimh.

14 Oir ma 'ta iadsan a bhuineas do 'n lagh 'n an oighreachaibh, ata creidimh air a dheanamh diomhaoin, agus an gealla' gun bhri'.

15 Do bhri' gu bheil an lagh ag oibreachadh feirge: oir far nach 'eil lagh, cha 'n 'eil *ann sin* briseadh lagha.

16 Uime sin is ann o chreidimh ata 'n *oighreachd*, ionnas gu'm *biodh* i tre ghràs; chum gu'm biodh an gealla' daingean do'n t siol uile, ni h ann amhain dhoibhsin a bhuineas do 'n lagh, ach mar an ceudna dhoibhsin a bhuineas do chreidimh Abraham, neach is è ar n athair-ne uile,

17 (A reir mar ata è sgriobhta, Dh' òrduich mi thu a'd' athair mhòrain chinneach) 'n a làthair-se ann do chreid se, eadhon Dia, a 'ta beothachadh nam marbh, agus *a 'ta* gairm nan nithe sin nach 'eil idir ann mar gu'm biodh iad ann:

18 Neach ann aghaidh dòchais, a chreid ann dòchas, chum gu'm biodh è 'n a athair mhòrain chinneach; reir mar a dubhradh, Is mar so a bhios do shliochd.

19 Agus air dha gun bhi anmhunn ann creidimh, cha do chuir sè ann suim gu raibh a chorp fein 'noise marbh, air dha bhi timchioll ceud bliadhna dh' aois, no fòs mairbhe broinn Shara.

20 Agus cha do chuir sè ann amharus gealla' Dhe le mi-chreidimh; ach bha è làidir ann creidimh, a' tabhairt glòir' do Dhia:

21 Agus bha làn-deimhin aige, an ti thug an gealla', gur cumhachdach è fòs air a choi'-lionadh.

22 Agus uime sin mheasadh so dha-san mar fhìreantachd.

23 'Noise

* chum fìreantachd. † shaoras.

23 'Noiſe ni air a ſhon-ſan amhàin a ſgriobhadh, gur mheaſadh ſo dha;

24 Ach air ar ſoin-ne mar an ceudna, d'am meaſar è, ma chreideas ſinn ann-ſan a thog ſuas Iofa ar Tighearna o na marbhaibh,

25 Neach a thugadh thairis air ſon ar ciontaidh-ne, agus a thogadh ſuas a-rìs air ſon ar fìreanachadh.

CAIB. V.

1 *Air dhuinn bhi air ar ſaoradh o chionta peacaidh tre chreidimh, ata ſioth-chaint againn maille re Dia, agus gàirdeachas ann dòchas;* 8 *'m feadh gu'n d' fhuair ſinn réite tre fhuil Chriofd, 'n uair bu naimhde ſinn, 's mò is mò na ſin a ſhaorar ſinn a noiſe air dhuinn an réite fhaghail* 12 *Mar a thainig peacadh agus bàs tre Adhamh, 's mò is mò na ſin ata fìreantachd agus beatha tre Iofa Criofd.* 20 *Far an raibh peaca' mòr, thug gràſa barrachd.*

UIME ſin air dhuinne bhi air ar * fìreanachadh tre chreidimh, ata ſioth-chaint againn re Dia, tre ar Tighearna Iofa Criofd.

2 Tre 'm bheil againn fòs fligh tre chreidimh chum a' ghràis ſo ann am bheil ſinn 'nar ſeaſamh, agus ata ſinn a' deanamh gàirdeachais ann † dòchas gloire Dhe.

3 Agus ni h è *ſo* amhàin, ach ata ſinn mar an ceudna a' deanamh naill ann triobloidibh, do bhri' gu bheil fios againn gu'n oibrich triobloid foighidin;

4 Agus foighidin, ‡ fidreacha'; agus fidreacha', dòchas:

5 Agus cha nàraich an dòchas, do bhri' gu bheil gràdh Dhe air a dhòrtadh amach ann ar croidheachaibh, tre 'n Spiorad naomh a thugadh dhuinne.

6 Oir air dhuinne bhi fòs gun neart, ann àm iomchu'idh bhàſaich Criofd air ſon nan *daoine* neo-dhiadhaidh.

7 Oir is gann a dh' fhulaingeas duine bàs air ſon fìrein: ach theagamh gu'm biodh aig neach eigin do mhiſneach eadhon bàs fhulang air ſon duine mhaith.

8 Ach ata Dia a' moladh a ghràidh fein duinne, do bhri' an uair a bha ſinn fòs 'n ar peacachaibh gu 'n d' fhulaing Criofd bàs air ar ſon.

9 Is mòr is mò uime ſin, air dhuinn a noiſe bhi air ar fìreanachadh tre fhuil, a ſhàbhalar trìd-ſin o fheirg ſinn.

10 Oir ma 's è air bhi dhuinn 'nar naimhde, gu 'n d' rinneadh réidh re Dia ſinn tre bhàs a Mhic: is mòr is mò air dhuinn bhi air ar deanamh réidh, a ſhàbhalar tre a bheatha ſinn.

11 Agus ni h è amhàin *ſin,* ach ata ſinn ag deanamh gàirdeachais ann Dia, trìd ar Tighearna Iofa Criofd, trìd an d' fhuair ſinn 'noiſe an réiteachadh.

12 Uime ſin, mar a thainig peacadh a ſteach do'n t ſaoghal tre aon duine, agus bàs tre 'n pheaca'; agus mar ſin thainig bàs air na h uile dhaoinibh, do bhri' gu'n do pheacaich iad uile.

13 Oir gus an lagh, bha peacadh ann ſan t ſaoghal: ach cha chuir'ear peacadh *a leith dhaoine* far nach 'eil lagh.

14 Gidheadh, rioghaich am peacadh o Adhamh gu Maois, air an dream fòs nach do pheacaich do reir cos'laïs eas-umhlachd Adhaimh, neach is è fioghair an tì ud a bha chum teachd:

15 Ach ni mar a' choire, mar ſin ata 'n ſaor-thiodhlac'. Oir ma fhuair moran bàs, tre choire a h aon; is mòr is mò na ſin ata gràs Dhe, agus tiodhlac' a' ghràis a 'ta tre aon duine, *èadhon* Iofa Criofd, pailte do mhoran.

16 Agus ni h ann mar tre aon duine a pheacaich, *mar ſin* ata 'n tabhar-

* ſaoradh. † barbſa. ‡ dearbhadh.

tabhartas: oir bha am breitheanas tre aon *choire*, chum diteidh; ach *ata* 'n faor-thabhartas o mhoran chiontaibh chum fireanachadh.

17 Oir ma 's e is tre choire aon duine, gu'n do rioghaich am bas tre h aon; is mor is mo na fin a rioghaicheas iadfan, a gheibh pailteas grais, agus tabhartais na fireantachd, ann am beatha tre h aon, *eadhon* Iofa Criofd.

18 Uime fin mar trid chionta aon duine *a thainig breitheanas* air gach uile dhaoinibh chum diteidh: is amhuil fin mar an ceudna tre fhireantachd a h aon, *thainig an faor-thiodhlac'* air na h uile dhaoinibh chum fireanachadh na beatha.

19 Oir mar trid eas-umhlachd aon duine a rinneadh moran 'n am peacachaibh: is amhuil fin trid umhlachd aon *duine* a nithear moran 'n am fireanaibh.

20 Ach thainig an lagh a fteach, chum gu meudaichte a' choire: ach far an do mheudaicheadh am peaca', bu ro-mho a mheudaicheadh gras:

21 Chum as mar a rioghaich am peaca' chum bais, mar fin gu 'n rioghaicheadh gras tre fhireantachd chum na beatha mairtheanaich, tre Iofa Criofd ar Tighearna.

CAIB. VI.

1 *Cha 'n fheud finn ar beatha a chaithe' am peaca'; oir ata finn marbh dha, mar tha 'm baifte a' dearbhadh.* 12 *Na biodh rioghachd aig a' pheaca' ni 's mo,* 18 *do bhri' gu 'n d' thug finn finn fein thairis do fheirbhis na fireantachd,* 23 *agus chionn gur e am bas tuarafdal a' pheacaidh.*

CREUD ma 'feadh a deir finn? Am buanaich finn am peaca', chum gu'm biodh gras air a mheudachadh?

2 Nar leigeadh Dia: cionnas a dh' fheudas finne a 'ta marbh do'n pheacadh, ar beatha a chaitheamh ni 's faide ann?

3 Nach 'eil fios agaibh, a mheud againn is a bhaifteadh ann an Iofa Criofd, gur bhaifteadh chum a' bhais finn?

4 Air an adhbhar fin dh' adhlaiceadh finn maraon ris tre 'n bhaifte chum bais: ionnas mar thogadh Criofd fuas o na marbhaibh le gloir an Athar, mar fin gu'n gluaifeamaidne mar an ceudna ann nuadhachd beatha.

5 Oir ma chuaidh ar fuidheachadh maraon ann an cos'las a bhais: bithidh finn mar an ceudna *air ar fuidheachadh ann an cos'las* ais-eirigh.

6 Air fhios fo a bhi againn, gu bheil ar fean duine air a cheufadh maraon *ris*, ionnas gu 'm biodh corp a' pheacaidh air a fgrios, chum nach deanamaid feirbhis do'n pheacadh as fo fuas ni 's mo.

7 Oir an ti a fhuair bas, rinneadh faor è o'n pheacadh.

8 'Noife ma fhuair finn bas maraon re Criofd, ata finn creidfin gu 'm bi finn beo maille ris mar an ceudna.

9 Air dhuinn fios a bhi againn air do Chriofd eirigh o na marbhaibh, nach bafaich è ni 's mo; cha 'n 'eil tighearnas aig a' bhas ni 's mo air.

10 Oir a mheud gu 'n d' fhuair è bas, is ann do'n pheacadh a fhuair è bas aon uair *amhain:* ach a mheud gu bheil è beo, is ann do Dhia ata sè beo.

11 Mar fin mar an ceudna meafaibhfe gu bheil fibh fein gu deimhin marbh do'n pheacadh: ach beo do Dhia tre Iofa Criofd ar Tighearna.

12 Air an adhbhar fin na rioghaicheadh am peacadh ann bhur corp bafmhor, ionnas gu'n d' thugadh fibh umhlachd dha 'na ainmhiannaibh.

13 Agus na tugaibh bhur buill 'nan armaibh ea-corach do 'n pheacadh

cadh: ach thugaibh fibh fein do Dhia, mar dhroing a 'ta beo o na marbhaibh; agus bhur buill 'nan armaibh fìreantachd do Dhia.

14 Oir cha bhi aig a' pheacadh tighearnas oirbh: oir cha 'n 'eil fibh fuidh 'n lagh, ach fui' ghràs.

15 Ciod uime fin? am peacaich finn, do bhri' nach 'eil finn fuidh 'n lagh, ach fui' ghràs? Nar leigeadh Dia.

16 Nach 'eil fhios agaibh, an ti d' an toir fibh fibh fein mar fheirbhifich chum umhlachd, gur feirbhifich fibh do'n ti d' an dean fibh umhlachd; ma 's ann do 'n pheacadh chum bàis, no do umhlachd chum fìreantachd.

17 Ach buidheachas do Dhia, gu'n raibh fibh 'nar feirbhifich do'n pheacadh; ach thug fibh o bhur croidhe umhlachd do'n fhoirm theagaifg fin a * thugadh dhuibh.

18 Air dhuibh ma 'ta bhi air bhur deanamh faor o'n pheacadh, rinn fibh feirbhis do'n fhìreantachd.

19 'Ta mi labhairt mar dhuine, air fon anmhuinneachd bhur feòla: oir mar a thug fibh bhur buill mar fheirbhifich do neo-ghloine, agus do aingidheachd, chum aingidheachd; amhuil fin a nois' thugaibh bhur buill mar fheirbhifich do 'n fhìreantachd, chum naomhachd.

20 Oir 'n uair a bha fibh 'n ar feirbhifich do 'n pheacadh, bha fibh faor o'n fhìreantachd.

21 Air an àdhbhar fin creud an toradh a bha agaibh ann fin ann fna nithibh ud, a 'ta 'noife cur nàire oirbh? oir is è crioch nan nithe fin am bàs.

22 Ach a noife air dhuibh bhi faor o'n pheacadh, agus 'n ar feirbhifich do Dhia, ata bhur toradh agaibh chum naomhachd, agus a' chrioch a' bheatha mhairtheanach.

23 Oir is è tuarafdal a' pheacaidh am bàs: ach is i † faor-thiodhla-

* ris 'n a chò'-chumadh fibh. † gibht.

cadh Dhe a' bheatha mhairtheanach, tre Iofa Criofd ar Tighearna.

CAIB. VII.

1 *Cha 'n 'eil aig an lagh cumhachd os ceann duine ni 's faide na 's beo è.* 4 *Ach tha finne marbh do'n lagh.* 7 *Gidheadh cha'n 'eil an lagh 'na pheacadh,* 12 *ach naomha, ceart, agus maith,* 16 *mar ataimfe 'g aid'eachadh a ta doilich nach urradh mi a choimhead.*

NACH 'eil fhios agaibh, a bhràithre, (oir is ann riu-fan d' an aithne an lagh ata mi labhairt) gu bheil tighearnas aig an lagh air duine, 'm fad is beo è?

2 Oir a' bhean a 'ta pòfda re fear, ata fi ceangailte leis an lagh r'a fear am fad is beo è: ach ma gheibh a fear bàs, ata fi fuafgailt' o lagh a fir.

3 Uime fin am feadh is beo a fear, ma phòfar i re fear eile, goir'ear banadhaltranaich dhith: ach ma gheibh a fear bàs, tha i faor o'n lagh fin; ionnas nach ban-adhaltranaich i, ge do raibh fi aig fear eile.

4 Air an adhbhar fin, mo bhràithre, 'ta fibhfe mar an ceudna marbh do 'n lagh tre chorp Chriofd; ionnas gu'm biodh fibh pòfda re fear eile, *eadhon* rifean a thogadh o na marbhaibh, chum gu'n tugamaid toradh amach do Dhia.

5 Oir 'n uair a bha finn fan fheoil, bha mianna nam peacaidh, tre 'n lagh, ag oibreachadh ann ar ballaibh, chum toradh a thoirt amach gu bàs.

6 Ach a noife 'ta finn air ar deanamh faor o'n lagh, air dha fin a bhi marbh leis 'na chumadh finn; chum gu'n deanamaid feirbhis ann nuadhachd fpioraid, agus ni *h ann* ann feanachd na litreach.

7 Creud a deir finn ma feadh? am bheil an lagh 'na pheacadh? Nar leigeadh Dia. Ni h eadh, cha b' aithne dhamh peacadh, ach tre 'n lagh:

lagh: oir cha bhiodh eòlas agam air ain-mhiann, mur abradh an lagh, Na * miannuich.

8 Ach air do 'n pheacadh † fâth a ghlacadh tre 'n àithne, dh' oibrich sè annam gach uile ghnè an-tograidh. Oir as eugmhais an lagha *bha* 'm peacadh marbh.

9 Oir bha mîse beo as eugmhais an lagha uair-eigin: ach air teachd do 'n àithne, dh' ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mîse bàs.

10 Agus an àithne *a dh' òrduicheadh* chum beatha, fhuaradh dhamh-sa chum bàis i.

11 Oir air do'n pheacadh fâth a ghlacadh tre 'n àithne, mheall sè mi, agus le sin mharbh sè mi.

12 Air an ádhbhar sin *ata* 'n lagh naomha; agus *ata* 'n àithne naomha, agus co'-thromach, agus maith.

13 Uime sin an d' rinneadh an ni sin a bha maith, 'na bhàs damh-sa? Nar leigeadh Dia. Ach am peacadh, chum gu faicte gur peacadh è, ag oibreachadh bàis annamsa, leis an ni sin a 'ta maith; chum tre 'n àithne gu 'm fâsadh am peacadh ro-pheacach.

14 Oir ata fhios againne gu bheil an lagh spioradail: ach ata mîse feòlmhor, air mo reiceadh fuidh 'n pheacadh.

15 Oir an ni a 'ta mi deanamh, ni 'n taitneach leam è: oir an ni a b' àill leam, ni h è a dheanam, ach an ni a's fuathach leam, is è sin a 'ta mîse a' deanamh.

16 Uime sin ma 'ta mi deanamh an ni nach b'àill leam, ata mi 'g aontachadh leis an lagh, gu bheil sè maith.

17 'Noîse ma 'ta cha mhîse ni 's mò a 'ta deanamh so, ach am peacadh a 'ta gabhail comhnuidh annam.

18 Oir ata fhios agam, annamsa (sin re radh, ann am fheoil) nach 'eil maith fam bith ag gabhail comhnuidh: oir ata 'n toil a làthair maille rium, ach *dòigh fam bith* chum maith a dheanamh ni fuigheam.

19 Oir ni 'n deanam am maith bu mhiann leam: ach an t olc nach b' àill leam, is è sin a 'ta mi a' deanamh.

20 'Noîse ma 'ta mi a' deanamh an ni nach b' àill leam, cha mhîse ni 's mò ata deanamh so, ach am peacadh 'ta gabhail comhnuidh annam.

21 Uime sin ata mi faghail lagha, 'n uair a b' àill leam am maith a dheanamh, gu bheil an t olc a làthair agam.

22 Oir ata tlachd agam ann lagh Dhe, reir an duine ann taobh a stigh.

23 Ach ata mi faicsin lagh' eile a'm' bhallaibh, a' cogadh ann aghaidh lagh' m' inntin, agus ga m' thabhairt am bruid do lagh a' pheacaidh, a 'ta ann am bhallaibh.

24 Och is duine truagh mi! co shaoras mi o chorp a' bhàis so?

25 'Ta mi toirt buidheachais do Dhia, tre Iosa Criosd ar Tighearna. Uime sin, ata mîse fein leis an inntin a' deanamh seirbhis do lagh Dhe; ach leis an fheoil do lagh a' pheacaidh.

CAIB. VIII.

1 *'Ta iadsan a 'ta ann Criosd, agus a' caitheamh am beatha reir an Spioraid, saor o dhamnadh.* 5 *Ciod an cron a thig o'n fheoil,* 14 *agus ciod am maith a thig o'n Spiorad;* 17 *agus ciod è a bhi'nar cloinn do Dhia;* 19 *droing aig am bheil, roimh gach uile nithe, déidh air an saorsa.* 29 *Chuaidh sin òrduchadh roi'-làimh le Dia.* '38 *Cha 'n 'eil ni sam bith comasach air sinne a sgaradh o ghràdh san.*

AIR an ádhbhar sin cha'n 'eil 'noîse dìteadh sam bith do'n dream sin a 'ta ann Iosa Criosd, a 'ta

* samtnich. † co' threm.

a 'ta * gluasachd ni h ann a reir na feòla, ach reir an Spioraid.

2 Oir rinn lagh Spioraid na beatha, ann Iosa Criosd, mise saor o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis.

3 Oir an ni nach raibh ann comas do'n lagh a dheanamh, do bhri' gu raibh è anmhunn tre 'n fheoil, ag cur a' Mhic fein do Dhia ann cos las feòla peacaich, agus *le ìobairt* air son peacaidh, dhìt è am peacadh san fheoil:

4 Chum gu'm biodh fìreantachd an lagha air a coi'-lionadh annainne, a 'ta gluasachd ni h ann a reir na feòla, ach a reir an Spioraid.

5 Oir an dream a 'ta a reir na feòla, 'ta an aire air na nithibh sin a bhuineas do 'n fheoil: ach an dream a 'ta a reir an Spioraid, air na nithibh sin a bhuineas do 'n Spiorad.

6 Oir an inntin fheòlmhor is bàs sin; ach an inntin spioradail is beatha agus sioth-chaint i:

7 Do bhri' gur naimhdeas an inntin fheòlmhor ann aghaidh Dhe: oir cha 'n 'eil i umhal do lagh Dhe, is cha mhò ata 'n comas d'i bhi.

8 Uime sin cha 'n urradh iadsan a 'ta san fheoil Dia a thoileachadh.

9 Ach cha 'n 'eil sibhse san fheoil, ach san Spiorad, ma 'ta Spiorad Dhe a' gabhail comhnuidh annaibh. 'Noise mur 'eil Spiorad Chriosd aig neach, cha bhuin sè dha.

10 Agus ma 'ta Criosd annaibh, *ata* 'n corp marbh gu deimhin, thaobh peacaidh; ach is beatha an Spiorad, thaobh fìreantachd.

11 Ach ma 'ta Spiorad an ti a thog Iosa o na marbhaibh, a' gabhail comhnuidh annaibh; an ti do thog Criosd o na marbhaibh, beothaichidh sè mar an ceudna bhur cuirp bhàsmhor-sa, tre a Spiorad-san a 'ta chomhnuidh annaibh.

12 Uime sin, a bhràithre, ata sinn sa fhiachaibh, ni h ann do 'n fheoil, chum ar beatha a chaitheamh a reir na feòla.

13 Oir ma chaitheas sibh bhur beatha a reir na feòla, gheibh sibh bàs: ach ma mharbhas sibh tre 'n Spiorad gniomhartha na colla, bithidh sibh beo.

14 Oir a mhèud 's ata air an treòrachadh le Spiorad Dhe, is iad mic Dhe.

15 Oir cha d' fhuair sibh Spiorad na daorsa a-rìs chum eagail; ach fhuair sibh Spiorad na h uchd-mhacachd, tre an † glaodhamaid, Abba, Athair.

16 'Ta an Spiorad fein a' deanamh fia'nais maraon r'ar spioraidne, gur sinn clann Dhe.

17 Agus ma's clann, is oighreachan; oighreachan air Dia, agus co'-oighreachan maille re Criosd: ma 's è 's gu'm fulaing sinn maille ris, chum gu glòraichear maraon ris sinne mar an ceudna.

18 Oir measam, nach fiu fulangais na h aimsir a 'ta làthair, *an coi'-meas* ris a' ghlòir a dh' fhoillsichear annainn.

19 Oir ata dùil dhùrachdach a' ‡ chruthachaidh a' feitheamh re foillseachadh cloinne Dhe.

20 Oir chuireadh an § cruthacha' fuidh dhiomhaoineas, ni h ann le thoil, ach trìd-sin a chuir fuidh dhiomhaoineas *è* ann dòchas:

21 Do bhri' gu 'n saorar an || cruthacha' fein fòs o dhaorsa na truaillidheachd, gu saorsa ghlòrmhor cloinne Dhe.

22 Oir ata fhios againne gu bheil an ** cruthachadh uile 'g osnaich, agus am péin mar mhnaoi re cloinn, maraon ruinne gus an àm so:

23 Agus ni *h è so* amhàin, ach sinn fein mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, ata eadhon sinne 'g osnaich annainn fein, a' feitheamh ris an uchd-mhacachd, *eadhon* saorsa ar †† collaidh.

24 Oir

* subhal. † aighmid. ‡ chreatuir. § creatuir. || creatuir. ** gach uile chreatuir. †† cuirp.

24 Oir is ann le * dòchas a shàbhalar sinn : Ach dòchas a chithear ni 'n dòchas è : oir c'ar son a bhios dòchas aig duine ris an ni 'ta è faicsin?

25 Ach ma 'ta dòchas againn ris an ni nach 'eil sinn a' faicsin, feithidh sinn gu foighidneach ris.

26 'Ta an Spiorad fein mar an ceudna a' deanamh congnamh le 'r n anmhuinneachd : oir ni h aithne dhuinn ciod a dh' iarramaid ann ùrnuigh mar bu chòir dhuinn : ach ata an Spiorad fein a' deanamh eidear-ghuidhe air ar son le osnaibh do-labhairt.

27 Agus is aithne dha-san a 'ta rannsachadh nan croidheachan ciod i inntin an Spioraid, do bhri' gu bheil sè ag deanamh eidear-ghuidhe air son nan naomh do reir *toil* De.

28 Agus ata fhios againn gu'n comh-oibrich na h uile nithe chum maith, do 'n dream aig am bheil gràdh do Dhia, *eadhon* dhoibhsin a ghairmeadh do reir a rùin.

29 Oir an dream a roimh-aithnich sè, roimh-òrduich sè iad mar an ceudna *chum bhi* co'-chosmhuil re iomhaigh a Mhic, chum gu 'm biodh eisean 'na cheud-ghin am measg mòrain bhràithre.

30 'Tuilleadh eile, an dream a roimh-òrduich sè, ghairm sè iad mar an ceudna: agus an dream a ghairm è, dh' fhìreanaich sè mar an ceudna : agus an dream a dh fhìreanaich è, ghlòraich sè mar an ceudna.

31 Ciod uime sin a deir sinn ris na nithibh sin? Ma 'ta Dia leinn, cia *dh' fheudas bhi* 'n ar n aghaidh ?

32 An ti nach do chaomhainn a Mhac fein, ach a thug thairis è air ar son-ne uile, cionnas nach tabhair è mar an ceudna dhuinn gu saor na h uile nithe maille risean?

33 Co chuireas coire sam bith a leigh daoine taghta Dhe? *'S è* Dia ata fìreanachadh :

34 Co a dhìteas? *'S è* Crìosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh' eirich a-rìs, agus ata air deas làimh Dhe, neach a 'ta mar an ceudna ag deanamh eidear-ghuidhe air ar son-ne.

35 Co † dhealaicheas sinn o ghràdh Chriosd? *an dean* triobloid, no àmhghar, no geur-leanmhuin, no gorta, no lomnochduigh', no cuntart, no cloidheamh?

36 (Reir mar ata è sgriobhta, Air do thon-sa mharbhadh sinn rè an là; mheasadh sinn mar chaoraich chum marbhaidh)

37 Ni h eadh, ach ann sna nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-sin a ghràdhaich sinn.

38 Oir ata dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no prionnsachda, no cumhachda, no nithe a 'ta làthair, no nithe a 'ta chum teachd,

39 No àirde, no doimhne, no creatuir sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhe a 'ta ann Iosa Criosd ar Tighearna.

CAIB. IX.

1 *'Ta Pòl doilich air son nan Iudhach.* 7 *Cha b' iad sliochd Abraham uile clann a' gheallaidh.* 18 *'Ta Dia deanamh tròcair air an droing a's toil leis.* 21 *Feudaidh an cumadoir an ni a's toil leis a dheanamh ris a' chriadh.* 25 *Ata gairm nan Geintileach, agus cur-air-cùl nan Iudhach air an roimh-innseadh.* 32 *An t àdhbhar air son nach do ghabh na h Iudhaich re fìreantachd a' chreidimh.*

DEIREAM an fhìrinn ann Criosd, nior dheanam breug, (air bhi do m' choguis fòs a' deanamh fianais damh san Spiorad naomh)

2 Gu bheil doilgheas mòr orm, agus

* earbsa.

† a sgaras.

agus crèadh air mo chroidhe ann comhnuidh.

3 Oir ghuidhinn mi fein a bhi * dealaichte o Chriosd, air son mo bhràithre, mo † dhillsean thaobh na feòla:

4 Noch is iad na h Israelich, d' am *buin* an uchd-mhacachd agus a' ghlòir, agus na cùmhnanta, agus tabhairt an lagha, agus seirbhis *De*, agus na geallaidh;

5 D' am buin na h aithreacha, agus o'm bheil Criosd thaobh na feòla, neach ata 'n a Dhia os ceann nan uile, beannuichte gu siorruidh. Amen.

6 Cha 'n è gu bheil focal De gun eifeachd. Oir cha 'n Israelich iadsan uile a'ta o Israel:

7 Agus ni mò do bhri' gur sliochd do Abraham iad, *ata iad* uile 'n an cloinn: ach ann an Isaac ainmichear do shiol.

8 Is è sin re radh, Cha'n iad clann na feòla clann De: ach ata clann a' gheallaidh air am meas mar shiol.

9 Oir *is* è so focal a' gheallaidh, ‡ Aig an àm so thig mi, agus bithidh mac aig Sara.

10 Agus ni h è 'mhàin *so*, ach Rebecca mar an ceudna 'n uair a thoirrcheadh i o aon, *eadhon* Isaac ar n athair-ne,

11 (Oir mun do rugadh *na leanbaidh*, agus mun d' rinn iad maith no olc, chum gu'm biodh rùn De reir an taghaidh seasmhach, ni o oibribh, ach o'n ti a' ghairmeas)

12 Dubhradh ria, Ni an neach a's seine seirbhis do 'n neach a's òige.

13 Reir mar ata è sgriobhta, Ghràdhaich mi Iacob, ach dh' fhuathaich mi Esau.

14 Creud a deir sinn ma seadh? *am bheil* ea-coir maille re Dia? Nar leigeadh Dia.

15 Oir deir sè re Maois, Ni m tròcair air an neach air an dean mi tròcair, agus iochd ris an neach ris an dean mi iochd.

16 Uime sin ni *h ann* o'n ti leis an àill, no o'n ti a ruidheas, ach o Dhia a ni tròcair.

17 Oir deir an sgriobtuir re Pharaoh, Is ann chum na crìche so fein a thog mi suas thu, chum gu'm foillsichinn mo chumhachd annad, agus chum gu 'm biodh m' ainm iomraiteach air feadh na talmhain uile.

18 Uime sin ni è tròcair air an ti a's àill leis, agus an ti a's àill leis cruadhaichidh sè.

19 Deir tu ma 'ta rium, C'ar son ata è ma seadh a' faghail croin? oir cia do chuir ann aghaidh a thoile?

20 Ni h eadh, ach, O a dhuine, cia thusa ata tagradh ann aghaidh Dhe? An abair an ni a chumadh ris an ti a chum *è*, C'ar son a rinn thu mi mar so?

21 Nach 'eil cumhachd aig a' § chriadh-fhear air a' chriadh, ionnas gu 'n deanadh è do'n aon mheall aon soitheach chum onoir, agus soitheach eile chum eas-onoir.

22 *Ciod* ma 's è, air bhi do Dhia toileach fhearg a nochdadh, agus a chumhachd a dheanamh aithnichte, gu 'n d' fhulaing è le mòr fhad-fhulangas soithiche na feirge air an ull'uchadh chum sgriosaidh:

23 Agus chum gu'n deanadh è aithnichte saibhreas a ghlòire air soithichibh na tròcair, a dh'ull'uich sè roimh-làimh chum glòire?

24 Eadhon sinne a ghairm sè, ni h è amhàin do na h Iudhachaibh, ach mar an ceudna do na Geintileachaibh.

25 Mar a deir sè fòs ann Osee,

† K k Goiridh

* malluicht'. † luchd-dàimh'. ‡ Reir na h aimsire. § i. e. fear-deanamh soithiche creadha.

Goiridh mi mo phobull diubh nach raibh 'nam pobull damh ; agus *bean* ghràdhach dh'ìfe, nach raibh gràdhach.

26 Agus tarlaidh, ann ſan ionad ann dubhradh riu, Cha ſibh mo phobull-ſa, ann ſin goir'ear, Clann an De bheo dhiubh.

27 'Ta Eſaias fòs ag éigheach mu thimchioll Iſraeil, Ge do tha àireamh chloinn Iſraeil mar ghaineamh na fairge, is fuigheall a ſhàbhalar.

28 Oir criochnaichidh sè an obair, agus gearraidh sè gaoraid i am * fìreantachd : do bhrì' gu 'n dean an Tighearn' obair ghaoraid air an talamh.

29 Agus mar a dubhairt Eſaias roimhe, Mur fàgadh Tighearna nan ſluagh ſiol againne, dheantadh ſinn mar Shodoma, agus bhitheamaid coſmhuil re Gomorrha.

30 Creud a deir ſinn ma ſeadh ? Gu 'n d' rainig na Cinnich, nach raibh a' leantuin fìreantachd, air fìreantachd, eadhon an fhìreantachd a 'tà o chreidimh :

31 Ach cha do rainig Iſrael, a bha leantuin lagh na fìreantachd, air lagh na fìreantachd.

32 C'ar ſon ? Do bhrì' nach ann o chreidimh, ach mar gu'm b' ann o oibribh an lagha *a dh' iarr iad i :* oir thuiſlich ſiad air a' chloich-thuiſlidh ſin ;

33 Mar ata è ſgriobhta, Fèuch, cuiream ann Sion cloch-thuiſlidh, agus carruig oilbheim : agus gach uile neach a chreideas ann-ſan, cha chuir'ear gu nàire è.

CAIB. X.

1 *'Ta an ſgriobtuir a' nochdadh an eidir-dhealachaidh a 'ta eidear fìreantachd an lagha, agus a' chreidimh* ; 11 *agus nach cuir'ear a h aon do na h Iudhachaibh, no do na Geintileachaibh ſin uile, a chreideas, fuì' amhluadh ;* 18 *agus gu 'n gabh na Geintilich ris an fhocal, agus gu'n creid ſiad.* 19 *Cha raibh Iſrael ain-eolach air na nithibh ſin.*

A Bhràithre, is è † rùn taitneach mo chroidhe, agus 'm ùrnuigh re Dia air ſon Iſraeil, gu'm biodh iad air an ſàbhaladh.

2 Oir ata mi deanamh fia'nais doibh, gu bheil ‡ teas-ghràdh aca do Dhia, ach ni h ann a reir eòlais.

3 Oir air dhoibh bhi ain-eolach air fìreantachd Dhe, agus ag iarraidh am fìreantachd fein chur air chois, cha do ſtrìochd iad do fhìreantachd Dhe.

4 Oir is è Crioſd crioch an lagha, chum fìreantachd do gach uile neach a chreideas.

5 Oir ata Maois a' cur ann céill na fìreantachd a'ta o'n lagh, *eadhon* an duine a ni na nithe ſin, gu'm bi sè beo leo.

6 Ach mar ſo deir an fhìreantachd a 'ta o chreidimh, Na abair ann do chroidhe, Co theid ſuas air neamh ? (ſin r'a radh, a thoirt Chrioſd a nuas.)

7 No, Co a theid ſios do'n doimhne ? (ſin r'a radh, a thoirt Chrioſd a-rìs air ais o na marbhaibh.)

8 Ach creud a deir ſi ? 'Ta 'm focal am fogus duit, ann do bheul, agus ann do chroidhe : 's è ſin focal a' chreidimh a 'ta ſinne ag ſearmonachadh,

9 *Eadhon* ma dh' aid'icheas tu le d' bheul an Tighearna Ioſa, agus ma chreideas tu ann do chroidhe, gur thog Dia o na marbhaibh è, ſàbhalar thu.

10 Oir is ann leis a' chroidhe a chreidear chum fìreantachd, agus leis a' bheul a dh' aid'ichear chum ſlàinte.

11 Oir a deir an ſgriobtuir, Ge b'è neach a chreideas ann-ſan, cha nàraichear è.

12 Oir cha 'n 'eil eidear-dhealachadh

* ceartas. † làn-toil. ‡ èud aca thaobh Dhe.

chadh eidear an t Iudhach agus an Greugach: oir an t aon Tighearna a 'ta os-cionn gach uile, tha è faibhir do gach uile a ghairmeas air.

13 Oir ge b'è neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, sàbhalar è.

14 Ach cionnas a ghairmeas iad airsin ann s nach do chreid iad? agus cionnas a chreideas iad ann san ti air nach cual' iad *iomradh?* agus cionnas a chluinneas iad gun searmonuiche?

15 Agus cionnas a ni iad searmoin, mur cuir'ear iad? mar ata è sgriobhta, Cia sgiamhach cosa na muintir sin a 'ta searmonachadh soisgeil na siothchaint, a 'ta toirt sgéil aoibhneich air nithibh maithe!

16 Ach cha raibh iad uile umhal do'n t soisgeul. Oir a deir Esaias, A Thighearna, co a chreid ar n aithris-ne?

17 Uime sin, is ann o eisdeachd a thig creidimh, agus eisdeachd tre fhocal De.

18 Ach a deiream, Nach cual' iad? Chuala gu deimhin, chuaidh 'm fuaim air feadh gach tìr' amach, agus am briathra gu iomallaibh an domhain.

19 Ach a deiream, nach raibh fios aig Israel? Air tùs, a deir Maois, Cuiridh mi èud oirbh le *Cinneach* nach 'eil 'n an Cinneach, *agus* le Cinneach neo-thuigseach cuiridh mi fearg oirbh.

20 Ach ata Esaias ro-dhàna, agus deir sè, Fhuaradh mi leo-san nach d' iarr mi; dh' fhoillsicheadh mi dhoibhsin nach d' fhiosraich air mo shon.

21 Ach re Israel a deir sè, Shìn mi 'mach mo làmhan rè an là gu h iomlan re pobull easumhal agus a labhras a'm' aghaidh.

CAIB. XI.

1 *Cha do thilg Dia Israel uile uaithe.* 7 *Thaghadh cuid, ge do chruadhaicheadh a' chuid eile.* 16 *Ata dòchas mu 'n ath-philleadh.* 18 *Cha 'n fheud na Geintilich uaill-thàir a dheanamh orra;* 26 *oir ata gealla' gu'n slànuichear iad.* 33 *'Taid breitheanais De do-rannsaich.*

DEIREAM ma seadh, 'N do thilg Dia a phobull uaithe? Nar leigeadh Dia. Oir is Israeleach mise fein mar an ceudna, do shliochd Abraham, do threibh Bheniamin.

2 Cha do thilg Dia uaithe a phobull, a roimh-aithnich è. Nach 'eil fhios agaibh ciod è a deir an sgriobtuir mu Elias? cionnas ata è a' deanamh eidear-ghuidhe re Dia ann aghaidh Israeil, ag radh,

3 A Thighearna, mharbh iad t fhàidhean, agus leag iad fios t altaire; agus dh' fhàgadh mise a'm' aonar, agus ata siad ag iarraidh m' anama.

4 Ach creud a deir freagradh De ris, Dh' fhàg mi dhamh fein seachd mìle fear, nach do lùb an glùn do iomhaigh Bhaail.

5 Is mar sin mar an ceudna ata san àm so a làthair fuigheall a reir taghaidh a' ghràis.

6 Agus ma 's ann tre ghràs, ni *h ann* o oibribh ni 's mò: no cha ghràs gràs ni 's mò. Ach ma 's *ann* o oibribh, ni *h ann* o ghràs a sin suas: no cha 'n obair a sin suas obair.

7 Ciod ma seadh? An ni sin a 'ta Israel ag iarraidh, cha do rainig sè air; ach rainig an taghadh air, agus chuaidh chuid eile a dhalladh:

8 Mar ata è sgriobhta, Thug Dia dhoibh spiorad na suaine, sùile chum nach faiceadh iad, agus cluasa chum nach cluinneadh iad, gus an là an diu.

9 Agus a deir Daibhidh, Biodh am bòrd mar ribe, agus mar innealglacaidh,

glacaidh, agus mar cheap-tuiſlidh; agus mar dhìol-thuaraſdal dhoibh.

10 Biodh an sùilean air an dorchachadh, chum nach faic iad, agus crom-ſa an druim ann comhnuidh.

11 Deirèam uime ſin, 'N do thuiſlich iad ionnas gu'n tuiteadh iad? Nar leigeadh Dia: ach tre an tuiteam-ſa *'ta* ſlainte *air teachd* chum nan Cinneach, chum iadſan a bhroſnachadh gu h èud.

12 'Noiſe ma 's è an tuiteam-ſa ſaibhreas an domhain, agus an lughdachadh ſaibhreas nan Cinneach: cia mò na ſia a *bhitheas* an lànachd?

13 Oir is ann ribhſe a labhram, a Chinneacha, do bhri' gur mi abſtol nan Cinneach, tha mi toirt onoir do m' oifig:

14 Nam feudainn air chor ſam bith mo choi'-fheoil a bhroſnachadh gu èud, agus gu'n ſàbhalainn dream àraidh dhiubh.

15 Oir ma 'sè 'n tilgeadh-ſan air falbh réiteachadh an domhain; ciod è an ath-ghabhail, ach beatha o na marbhaibh?

16 Oir ma 'ta an ceud-thoradh naomha, ata am meall *naomha* mar an ceudna: agus ma 'ta an fhreamh naomha, *'ta* na geuga *mar ſin* mar an ceudna.

17 Agus ma 'ta cuid do na geugaibh air am briſeadh dheth, agus gu bheil thuſa, a bha a' d' chrann-ola fiadhain, air do ſhuidheachadh 'n am meaſg, agus maille riu a' faghail co'-pairt do fhrèimh agus do reamhrachd a' chroinn-ola;

18 Na dean uaill ann aghaidh nan geug: ach ma ni thu uaill 'n an aghaidh, cha tuſa a dh' iomchaireas an fhreamh, ach an fhreamh thuſa.

19 Deir tu uime ſin, Bhriſeadh dheth na geuga, chum gu ſuidhichte miſe 'n an àite.

20 Ro-mhaith; air ſon am mi-chreidimh bhriſeadh iadſan, agus ata thuſa a' ſeaſamh tre chreidimh. Na bi àrd-inntineach, ach fa eagal.

21 Oir mur do choigill Dia na geuga nàdurra, *biodh fiamh ort* nach coigill è thuſa mar an ceudna.

22 Fèuch uime ſin maitheas agus geur-cheartas De: geur-cheartas d' an taobh-ſan a thuit; ach do d' thaobh-ſa, maitheas, ma bhuanaicheas tu 'n a mhaitheas; agus mur buanaich, gearthar dheth thuſa mar an ceudna.

23 Agus ſuidhichear iadſan mar an ceudna, mur buanaich iad 'n am mi-chreidimh: oir ata Dia comaſach air an ſuidheachadh a-rìs.

24 Oir ma ghearthadh thuſa as a' chrann-ola a bha fiadhaich thaobh nàduir, agus gur ſhuidhicheadh ann deadh chrann-ola thu ann aghaidh nàduir; cia mòr is mò na ſin a ſhuidhichear na *geuga* nàdurra 'n an crann-ola fein?

25 Oir cha b' àill leam, a bhràithre, ſibhs' a bhi ain-eolach air a' chùis dhiomhair ſo (chum nach biodh ſibh glic 'n ar bar'ail fein) gur tharladh doille ann an cuid do Iſrael, gus an d'thig iom-lanachd nan Geintileach a ſteach.

26 Agus mar ſin bithidh Iſrael ùil' air an ſlànuchadh: mar ata è ſgriobhta, Thig am Fear-faoraidh o Shion, agus pillidh sè air falbh ain-diadhuidheachd o Iacob.

27 Oir is è ſo mo chùmhnant riu, 'n uair a bheir mi air falbh am peacaidh.

28 Thaobh an t ſoiſgeil, *is* naimhde iad air bhur ſon-ſa: ach thaobh an taghaidh, *ata ſiad* gràdhaichte air ſon nan athracha.

29 Oir *ata* tiodhlacaidh agus gairm Dhe gun aithreachas.

30 Oir mar a bha ſibhſe * o chian eaſ-umhal do Dhia, acha noiſe fhuair ſibh tròcair tre a' mi-chreidimh-ſin:

31 A-

* roimhe ſo.

31 Amhuil sin * ata iadsan san àm so eas-umhal, chum tre bhur tròcair-se gu 'm fuigh siad tròcair mar an ceudna.

32 Oir dhruid Dia iad uile ann mi-chreidimh, chum tròcair dheanamh air gach uile.

33 O doimhne saibhris araon gliocais agus eòlais De! Cia do-rannsaich a bhreitheanais, agus do-lorgaich a shlighidh!

34 Oir co aig an raibh fios inntin an Tighearna, no co bu chomhair-leach dha?

35 No co thug dha air tùs, agus làn-dìolar a-rìs dha è?

36 Oir is ann uaithe-sin agus trìd-sin, agus air a shon-san *ata* na h uile nithe: dha-san *gu raibh* glòir gu siorruidh. Amen.

CAIB. XII.

1 *'S còir do thròcair Dhe sinne aomadh gu Dia a thoileachadh:* 3 *Cha chòir do dhuine sam bith meas tuilleadh 's maith bhi aige dheth fein;* 6 *ach 's còir do gach aon feitheamh air an dreachd sin, a dh' earbadh ris.* 9 *Tha gràdh, agus mòran do dhleasdanais eile air an iarraidh uainn.* 19 *Ata dioghaltas gu sonraicht' air a thoirmeasg dhuinn.*

AIR an àdhbhar sin guidheam oirbh, a bhràithre, tre thròcairibh Dhe, ar cuirp a thabhairt 'n am beo-iobairt, naomha, thaitneach do Dhia, *ni a's è* bhur seirbhis reusonta.

2 Agus na bithibh air bhur cumadh ris an t saoghal so: ach bithibh air bhur cruth-atharrachadh tre ath-nuadhachadh bhur n inntin, chum gu 'n dearbh sibh creud i toil mhaith, thaitneach, agus dhiongmhalta sin De.

3 Oir deiream tre a' ghràs a thugadh dhamh-sa, ris gach uile 'n ar measg, gun smuainteachadh *uime fein* ni 's àirde na 's còir dha smuainteachadh; ach smuainteachadh am measarrachd, a reir mar a roinn Dia ris gach uile neach tomhas a' chreidimh.

4 Oir mar ata mòran bhall againn ann aon chorp, agus cha 'n 'eil aig gach uile bhall an aon oifig:

5 Amhuil sin ge do tha sinne 'n ar mòran, is aon chorp ann Criosd sinn, agus is buill sinn gach aon fa leith d'a chéile.

6 Uime sin air bhi do thiodhlacaibh * eagsamhail againn, a reir a' ghràis a thugadh dhuinn, ma 's fàidheadoireachd, *deanamaid fàidheadoireachd* do reir tomhais a' chreidimh:

7 No ma 's ministreileachd, *thugamaid aire* d' ar ministreileachd; no an ti a theagaisgeas, *thugadh è aire* d'a theagasg;

8 No an ti a bheir earail, *thugadh è aire* d'a earail: an ti a roinneas an *déirc, roinneadh è i* ann treibhdhireachd; an ti a rioghlas, *deanadh sè è* maille re dùrachd; an ti a ni tròcair, *deanadh sè è* gu suilbhir.

9 *Biodh bhur* gràdh gun cheilg. Biodh gràin agaibh do'n olc, leanaibh gu dlù' ris an ni a 'ta maith.

10 *Bithibh* teo-chroidheach d'a chéile; le gràdh bràthaireil, ann onoir a' toirt toiseach gach aon d'a chéile:

11 Gun bhi leasg ann gnothuichibh: † dùrachdach 'n ar spiorad; a deanamh seirbhis do'n Tighearna:

12 A'deanamh gàirdeachais ann dòchas: foighidneach ann tribloid; mairtheanach ann an ùrnuigh:

13 A' co'-roinn re uireasbhuidh nan naomh; a' gnàthachadh aoidheachd.

14 Beannuichibh an dream a' ta deanamh geur-leanmhuin oirbh: beannuichibh, agus na mallaichibh.

15 Deanaibh gàirdeachas maille riu-san a'ta re gàirdeachas, agus caoi' maille riu-san a'ta re caoi'.

16 Gu

* cha do chreid iadsan.

* eidir-dhealuichte. † faobharach.

16 Gu ma h aon toil dhuibh r'a chéile. Na* biodh bhur cion air nithibh àrd, ach cuiribh fìbh fein ann coi'-inbhe riu-fan a'ta iofal. Na bithibh glic 'n ar bar'ail fein.

17 Na diolaibh olc air fon uilc do dhuin' air bith. Ull'uichibh nithe ciatfach am fia'nais nan uile dhaoine.

18 Ma dh' fheudas è bhi, mheud 's ata ann comas duibhfe, biodh fiothchaint agaibh ris gach uile dhaoinibh.

19 *A chàirde* gràdhach, na deanaibh dioghaltas air bhur fon fein, ach thugaibh àite do 'n fheirg: oir ata è fgriobhta, Is leamfa an dioghaltas; iochdaidh mi, deir an Tighearna.

20 Uime fin ma bhios do nàmhad ocrach, thoir biadh dha; ma bhios è tartmhor, thoir deoch dha: oir le fo a dheanamh carnaidh tu eibhle teine air a cheann.

21 Na d' thugadh an t olc buaidh ort, ach beir-fe buaidh air an olc leis a' mhaith.

CAIB. XIII.

1 *Umhlachd, agus dleafdanais eile a 's còir dhuinn chur ann gniomh do uachdaranaibh.* 8 *'Sè gràdh coi'-lionadh an lagha.* 11 *'Ta geòcaireachd, agus meifg, agus oibre an dorchadais ro neo-chubhaidh do àm an t Joifgeil.*

BIODH gach anam umhal do na h àrd chumhachdaibh. Oir cha'n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachda a'ta ann, is ann o Dhia a dh' òrduicheadh iad.

2 Air an àdhbhar fin ge b'è air bith a chuireas ann aghaidh a' chumhachd, ata fè cur ann aghaidh òrduigh Dhe: agus iadfan a chuireas 'n a aghaidh, gheibh fiad breitheanas dhoibh fein.

3 Oir cha 'n 'eil uachdarain 'nan àdhbhar eagail do dheadh oibribh, ach do dhroch oibribh. Uime fin am miann leat bhi gun eagal an uachdarain ort? dean am maith, agus gheibh thu cliu uaithe.

4 Oir is eifean feirbhifeach Dhe chum maith dhuit. Ach ma ni thu an t olc, biodh eagal ort; oir cha 'n ann gu diomhaoin ata sè giùlan a' chloidheimh: oir is è feirbhifeach Dhe, 'na dhioghaltoir feirg air an ti a ni olc.

5 Uime fin is eigin bhi umhal, ni h ann amhain air fon feirge, ach fòs air fon coguis.

6 Oir air an àdhbhar fo ata fibh toirt cìs *dhoibh* fòs: oir is iad feirbhifich Dhe iad, a' sìr-fheitheamh air an ni fo fein.

7 Air an àdhbhar fin thugaibh do gach uile neach an dlighe fein: càin dha-fan d'an *dlighear* càin, cìs dha-fan d'an *dlighear* cìs, eagal dha-fan d'an *còir* eagal, agus onoir dha-fan d'an *còir* onoir.

8 Na biodh fiacha fam bith aig aon neach oirbh, ach amhàin fibh a ghràdhachadh a chéile: oir an ti aig am bheil gràdh do neach eile, choi'-lion sè an lagh.

9 Oir an ni fo, Na dean adhaltrannas, Na dean morta, Na dean goid, Na dean fia'nais bhréige, Na fanntaich, agus ma 'ta àithne fam bith eile ann, ata fi air a cur fios gu h ath-ghaoraid fuidh 'n fhocal fo, *eadhon*, Gràdhaich do choimhearfnach mar thu fein.

10 Cha dean gràdh lochd d'a choimhearsnach: air an àdhbhar fin *is è* an gràdh coi'-lionadh an lagha.

11 Agus fo, air dhuibh fios na h aimfir' a bhi agaibh, gur mithich dhuinn a nóifè mofgladh o chodal: oir ata ar flàinte 'noife ni 's foigfe na 'n uair a chreid finn.

12 Tha cuid mhòr do'n oidhche air dol tharuinn, tha an là am fogus: uime fin cuireamaid dhinn oibre

* bithibh àrd-inntineach.

oibre an dorchadais, agus cuireamaid umainn armachd an t soluis.

13 Gluaiseamaid gu cubhaidh mar ann san là; ni h ann an ruidhteireachd agus am meisg, no ann seomradoireachd agus am macnus, no ann coi'-stribh agus am farmad.

14 Ach cuiribh umaibh an Tighearna Iosa Criosd, agus na deanaibh ullamhachadh air son na feòla, chum *a* h ain-mhianna *a choi'-lionadh.*

CAIB. XIV.

1 *Cha'n fheud daoine tàir a dheanamh, no chéile a dhìteadh air son nithe coi'-dheis:* 13 *ach bhi faicilleach gun oilbheum a thoirt leo;* 15 *oir ata an t abstol a' dearbhadh gu bheil sin mi-cheadaichte, le iomadh reuson.*

GABHAIBH ris an neach a'ta * anmhunn sa chreidimh, *ach* ni h ann chum deasboireachd amharusach.

2 Oir ata h aon a' creidsin gu 'm feud è gach uile nithe itheadh: ach ata eisean a 'ta anmhunn ag itheadh luibheanna.

3 Na deanadh eisean a 'ta 'g itheadh, tàir airsin nach 'eil ag itheadh; agus na tugadh eisean nach 'eil ag itheadh, breith air an ri a dh' itheas: oir ghabh Dia ris.

4 Co thusa a 'ta toirt breith air seirbhiseach duin' eile? d'a mhaighistir fein seasmhaidh, no tuitidh sè: Seadh, cumar suas è: oir is comasach Dia air a chumail 'n a sheasamh.

5 'Ta * meas aig neach air là thar là: agus ata meas aig neach eile air gach là *mar a chéile.* Biodh làn-dearbhadh aig gach duine 'n a inntin fein.

6 An ti aig am bheil cion air an là, is ann do'n Tighearna 'ta cion aig *air*; agus an ti aig nach 'eil cion air an là, is ann do 'n Tighearna nach 'eil cion aig *air.* An ti a 'ta 'g itheadh, is ann do 'n Tighearna 'ta è 'g itheadh, oir ata è toirt buidheachais do Dhia; agus an ti nach 'eil ag itheadh, is ann do 'n Tighearna nach ith sè, agus bheir sè buidheachas do Dhia.

7 Oir cha 'n 'eil a h aon againn beo dha fein, agus cha 'n 'eil a h aon againn a' faghail bhàis dha fein.

8 Oir ma 's beo dhuinn, is ann do 'n Tighearna ata sinn beo: agus ma 's bàs duinn, is ann do 'n Tighearna 'ta sinn faghail bhàis: uime sin ma 's beatha no bàs dhuinn, is leis an Tighearna sinn.

9 Oir is ann chum so a fhuair Criosd bàs, agus a dh' eirich sè, agus a dh' ath-bheothaicheadh è, chum gu 'm biodh è 'n a Thighearna air na beothaibh agus air na marbhaibh.

10 Ach c'ar son ata thusa a' toirt breith air do bhràthair? no fòs c'ar son ata thu a' deanamh tarcuis air do bhràthair? oir seasmhaidh sinn gu leir am fia'nais caithirbreitheanais Chriosd.

11 Oir ata è sgriobhta, Mar is beo mise, deir an Tighearna, lùbaidh gach glùn damh, agus aid'ichidh gach teanga do Dhia.

12 Air an àdhbhar sin bheir gach aon againn cunntas uime fein do Dhia.

13 Uime sin na tugamaid breith air a chéile tuilleadh ni 's mò: ach gu ma fearr libh a' bhreith so thoirt, gun àdhbhar-tuiteam no oilbheim a thoirt d'a bhràthair.

14 Oir ata fhios agam, agus is dearbh leam ann san Tighearna Iosa, nach 'eil ni sam bith neo-ghlan dheth fein: ach do'n ti a mheasas ni sam bith neo-ghlan, dha-san *ata sè* neo-ghlan.

15 Ach ma bhios doilgheas air do

* lag. * suim aig neach do là.

do bhràthair air ſon bìdh, 'noiſe cha 'n 'eil thu a' gluaſachd do reir a' ghràidh. Na * cuir am mugha le d' bhiadh eiſean, air ſon an d' fhulaing Criofd bàs.

16 Air an àdhbhar ſin na làbhrar olc mu bhur maith.

17 Oir cha bhiadh agus deoch rioghachd Dhe, ach fìreantachd, agus ſiothchaint, agus aoibhneas ſan Spiorad naomh.

18 Oir ge b'è ni ſeirbhis do Chriofd ann ſna nithibh ſo, tha è taitneach do Dhia, agus tha è dearbhta do dhaoinibh.

19 Uime ſin leanamaid na nithe a † thig re ſiothchaint, agus na nithe *thig re* tog'ail ſuas a chéile.

20 Na cuir am mugha obair Dhe air ſon bìdh. Gu deimhin ata na h uile nithe glan; ach is olc do 'n duine ſin a dh'itheas le h oilbheum.

21 *Is* maith an ni gun fheoil itheadh, no fion òl, no *ni air bith a dheanamh* leis am fuigh do bhràthair tuiſleadh no oilbheum, no leis an deanar lag è.

22 Am bheil creidimh agad? Biodh è agad dhuit fein am fia'-nais De: Is beannuicht' an duine ſin nach dìt ê fein ann ſan ni ſin a § mheaſas è ceaduicht'.

23 Ach eiſean a 'ta fuidh amharus, ata sè air a dhìteadh ma dh' itheas è, do bhri' nach ann o chreidimh ata è 'g itheadh: oir gach uile ni nach 'eil o chreidimh, is peacadh è.

CAIB. XV.

1 *Is còir dhoibhſin a 'ta làidir giùlan leo-ſan a 'ta anmhunn.* 2 *Cha 'n fheud ſinn ſinn fein a thoileachadh,* 3 *oir cha d' rinn Criofd ſin, 7 ach gabhail r'a chéile, mar a rinn Criofd ruinn uile,* 9 *araon ris na h Iudhachaibh agus ris na Geintileachaibh.* 15 *'Ta Pòl ag gabhail a leith-ſgeil fein air ſon è ſgriobhadh,* 28 *agus a' gealltuin am faicſin,* 30 *agus ag iarraidh congnamh an ùrnuighean.*

UIME ſin is còir dhuinn a 'ta làidir, giùlan le anmhuinneachd na muintir ſin a 'ta lag, agus gun ſinn fein a thoileachadh.

2 Toilicheadh gach aon againn a choimhearſnach g'a mhaith chum a thog'ail ſuas.

3 Oir cha do thoilich eadhon Criofd è fein; ach a reir mar ata è ſgriobhta, Thuit toibheum na muintir ſin a thug toibheum dhuit ormſa.

4 Oir ge b' iad nithe air bith a ſgriobhadh roimhe ſo, is ann chum ar teagaſg-ne do ſgriobhadh iad; chum tre fhoighidin agus co'-fhurtachd nan ſgriobtuire gu'm biodh dòchas againne.

5 'Noiſe gu tugadh Dia na foighidin agus a' cho'-fhurtachd dhuibhſe bhi dh' aon inntin thaobh a chéile, a reir Iofa Criofd:

6 Chum gu 'm feud ſibh a dh' aon inntin *agus* le aon bheul glòir a thoirt do Dhia, eadhon Athair ar Tighearna Iofa Criofd.

7 Uime ſin gabhaibhſe r'a chéile, eadhon mar a ghabh Criofd ruinne, chum glòir' Dhe.

8 'Noiſe a deirim, Gu raibh Iofa Criofd 'n a mhiniſteir an timchioll-ghearraidh air ſon fìrinn De, chum geallaidh nan athracha a dhaingneachadh:

9 Agus chum gu 'n tugadh na Cinnich glòir do Dhia air ſon a thròcair; a reir mar ata è ſgriobhta, Air an àdhbhar ſo aid'icheam thu a' meaſg nan Cinneach, agus ſeinnidh mi *ceòl* do d'ainm.

10 Agus a-rìs a deir sè, Deanaibh gàirdeachas, a Chinneacha, maille r'a phobull-ſan.

11 Agus a-rìs, Molaibh an Tighearna, a Chinneacha uile, agus thugaibh cliu dha, a phoibleacha uile.

12 Agus

* ſgrios, † fdiùras chum ſiothchaint agus tog'ail &c. § a 'ta aige fa dhearbha'.

12 Agus a-rîs deir Esaias, Bithidh freamh Iesse *ann*, agus an ti a dh' eir'eas suas chum uachdaranachd bhi aige air na Cinneachaibh, ann-san cuiridh na Cinnich an dòchas.

13 'Noise gu 'n deanadh Dia an dòchais sibhse a lionadh do'n uil' aoibhneas agus shiothchaint ann an creidsin, chum gu 'm bi sibh pailt' ann dòchas, tre chumhachd an Spioraid naoimh.

14 Agus ata deimhin agamsa fein fòs d'ar taobh-sa, mo bhràithre, gu bheil sibhse fòs làn do mhaitheas, air bhur lionadh leis an uile còlas, agus comasach mar an ceudna air a cheile a * theagasg.

15 Gidheadh, a bhràithre, sgriobh mi d' ar ionnsuidh leis an tuilleadh dànadais, ann càil-eigin, mar gu cuirinn ann cuimhne sibh, air son a' ghràis a thugadh dhamh-sa o Dhia,

16 Ionnas gu 'm bithinn a'm' mhinisteir aig Iosa Criosd do na Geintileachaibh, a' frithealadh soisgeil De, chum gu'm biodh ofrail suas nan Geintileach taitneach, air a naomhachadh leis an Spiorad naomh.

17 Uime sin ata agam àdhbhar uaill tre Iosa Criosd, ann sna nithibh sin a bhuineas do Dhia.

18 Oir cha bhi dànachd agam labhairt air a' bheag do na nithibh sin, nach d' oibrich Criosd leamsa, chum na Cinnich a dheanamh umhal am focal agus ann gniomh,

19 Le comharthaibh agus miorbhuilibh treun, tre chumhachd Spioraid De; ionnas o Hierusalem agus mu 'n cuairt gu Illiricum, gur làn-shearmonaich mi soisgeul Chriosd.

20 Seadh, mar sin bha ro-dheidh agam air an t soisgeul a shearmonachadh, cha 'n ann san ionad ann raibh Criosd air ainmeachadh, chum nach togainn *m' obair* air † stéidh neach eile:

21 Ach a reir mar ata è sgriobhta, Chi iadsan ris nach do labhradh uime: agus tuigidh iadsan, nach cuala.

22 Uime sin mar an ceudna chuireadh gu minic bacadh orm o theachd d'ar n ionnsuidhse.

23 Ach a noise do bhri' nach 'eil agam ionad ni 's mò ann sna criochaibh so, agus gu bheil mòr thogradh agam o cheann mòrain bhliadhnaibh teachd d' ar n ionnsuidhse;

24 Ge b'è uair a thriallas mi do'n Spainn, thig mi d'ar n ionnsuidhse: oir tha dùil agam sibhse fhaicsin san dol seachad, agus bhi air mo thoirt air m' aghaidh libhse chum an ionaid sin, ma bhios mi air tùs ann càil-eigin air mo lionadh le 'r *co'-luadar-sa*

25 Ach a noise 'ta mi dol gu Hierusalem, a fhrithealadh do na naomhaibh.

26 Oir bu toil leo-san ann Macedonia agus ann Achaia, co'-roinn àraidh a dheanamh ris na naomhaibh bochda 'ta ann Ierusalem.

27 Bu toil leo *gu deimhin*, agus ata iad fa fhiachaibh dhoibh Oir ma rinneadh na Cinnich 'nan luchd co'-pairt d' an nithibh spioradailse, is còir dhoibh ministreileachd a dheanamh dhoibhsin sna nithibh ‡ bhuineas do'n cholluinn.

28 Uime sin air dhamh so a chriochnachadh, agus 'n uair a sheulaicheas mi an toradh so dhoibh, gabhaidh mi § d' ar taobh-sa do 'n Spainn.

29 Agus ata fhios agam, air dhamh teachd d' ar ionnsuidhse, gu'n d' thig mi ann lànachd beannacha' soisgeil Chriosd.

30 'Noise guidheam oirbh, a bhràithre, air sgà', an Tighearna Iosa Criosd, agus air son graidh an

 Spio-

* chomhairleach'. † bunadh. ‡ feòlmhor.

§ bhur ròd-sa.

Spioraid, gu 'n dean fibh gleachda maraon riumfa ann ùrnuighibh air mo fhon re Dia ;

31 Chum gu faorar mi uathafan nach 'eil a' creidfin ann Iudea ; agus chum gu 'm bi mo fheirbhis * air fon Ierufalcim, taitneach do na naomhaibh :

32 Chum 's gu 'n d' thig mi d' ar ionnfuidhfe le h aoibhneas tre thoil De, agus gu fuigheam fuaimhneas mailie ribh.

33 'Noife *gu raibh* Dia na fiothchaint mailie ribh uile. Amen.

CAIB XVI.

3 *'Ta Pòl a' toirt òrduigh do na bràithribh fàilte chur air mòran ;* 17 *agus a' comhairleachadh dhoibh aire a thoirt do 'n mhuintir a'ta tog'ail connfaich agus a' toirt oilbheime :* 21 *agus ann diaigh iomadh heannachd ag criochnachadh le breith buidheachais do Dhia.*

† TOLAM dhuibh Phebe ar piuthar, neach is fearbhanta do 'n eaglais a 'ta ann Cenchrea:

2 Chum's gu'n gabh fibh ria ann fan Tighearna, mar is cubhaidh do naomhaibh, agus gu 'n dean fibh congnamh ria ann s gach gnothuch ann am bi feum aic' oirbh : oir rinn i fein congnamh re mòran, agus riumfa fos.

3 Cuiribh fàilte air Prifcilla agus Acuila mo cho'-oibrichean ann Iofa Criofd :

4 (Muintir a leag fios a' muineal fein air fon m'anma-fa : d' am bheil a' toirt buidheachais cha 'n è 'mhàin mife, ach fòs eaglaife nan Cinneach uile)

5 Mar an ceudna cuiribh fàilte air an eaglais a 'ta 'n an tigh-fe. Cuiribh fàilte air Epenetus a's ionmhuinn leamfa, neach is è ceud toradh Achaia do Chriofd.

6 Cuiribh fàilte air Muire, a rinn faothair mhòr air ar foin-ne.

7 Cuiribh fàilte air Andronicus agus Iunia, mo luchd-dàimh' agus mo chompanaich prìofuin, a 'ta ‡ inbheach a' meafg nan abftol, agus a bha fòs ann Criofd romhamfa.

8 Cuiribh fàilte air Amplias a's ionmhuinn leamfa fan Tighearna.

9 Cuiribh fàilte air Urbanus ar co'-oibriche ann Criofd, agus *air* Stachis fear mo ghràidh-fe.

10 Cuiribh fàilte air Apelles a 'ta dearbhta ann Criofd. Cuiribh fàilte orra-fan a'ta do *theaghlach* Ariftobuluis.

11 Cuiribh failte air Herodion mo charaid. Cuiribh fàilte orrafan do *theaghlach* Narciffus, a 'ta fan Tighearna.

12 Cuiribh fàilte air Triphena agus Triphòfa, *mnài* a 'ta faoithreachadh fan Tighearna. Cuiribh fàilte air Perfis *a's* ionmhuinn *leam*, *bean* a fhaothraich gu mòr ann fan Tighearna.

13 Cuiribh fàilte air Rufus a 'ta taghta fan Tighearna, agus air a mhàthair agus mo *mhàthair-fe*.

14 Cuiribh fàilte air Afincritus, Phlegon, Hermas, Patrobas, Hermes, agus na bràithre a 'ta maille riu.

15 Cuiribh fàilte air Philologus, agus Iulia, Nereus, agus a phiuthar, agus Olimpas, agus na naoimh uile a 'ta maille riu.

16 Cuiribh fàilte air a chéile le pòig naomha. 'Ta eaglaife Chriofd ag cur fàilte oirbh.

17 'Noife guidheam oirbh, a bhràithre, comharthaichibh iadfan a 'ta tog'ail § choi'-ftribhe agus a' toirt oilbheime, ann aghaidh an teagaifg a dh' fhòghluim fibh ; agus feachnaibh iad.

18 Oir cha 'n 'eil an leithide fo a' deanamh feirbhis d'ar Tighearna Iofa Criofd, ach d'am broinn fein ; agus ata iad le briathraibh milfe agus le miodal a' mealladh croidheacha na muintir fin ‖ nach 'eil olc.

19 Oir

* thaobh. † Taobham ribh. ‡ cliùtach. § chonnfaichean ‖ ata neo-Iochdach.

19 Oir ata bhur n umhlachd-sa air teachd chum nan uile dhaoine. Uime sin ata mise a' deanamh gàirdeachais d'ar taobh-sa: gidheadh b' àill leam sibhse bhi glic chum a' mhaith, ach simplidh thaobh an uilc.

20 Agus bruthaidh Dia na sìth-chaint Satan f'ar cosaibh gu h ath-ghaoraid. Gràsa ar Tighearna Iosa Criosd *gu raibh* maille ribh. Amen.

21 'Ta Timoteus mo cho'-oibriche cur fàilte oirbh, agus Lucius agus Iason agus Sosipater, mo luchd-dàimhe.

22 'Ta mise Tertius, a sgriobh an litir *so*, ag cur fàilte oirbh san Tighearna.

23 'Ta Gaius a'ta toirt aoi-dheachd dhamh-sa, agus do 'n ea-glais uile. ag cur failte oirbh. 'Ta Erastus stiubhard a' bhaile ag cur fàilte oirbh, agus Cuartus brathair.

24 Gràsa ar Tighearna Iosa Criosd *gu raibh* maille ribh uile. Amen.

25 'Noise dha-san a 'ta comasach air sibhse a dhaingneachadh a reir mo shoisgeilse, agus searmonachadh Iosa Criosd, (reir foillseachadh an rùin-diomhair, a bha 'm folach o thoiseach an domhain,

26 Ach a dh' fhoillsicheadh a nois', agus tre sgriobtuiribh nam faidhean a reir àithne an De bhith-bhuain, a 'ta air a dheanamh aithnichte do na h uile chinneachaibh chum umhlachd a' chreidimh).

27 Do Dhia *a 'ta* 'mhàin glic, *gu raibh* glòir tre Iosa Criosd gu siorruidh. Amen.

Ceud LITIR an ABSTOIL PHOIL chum nan CORINTIANACH.

CAIB. I.

1 *Ann diaigh fàilte agus breith buidheachais,* 12 *tha è 'g an earalachadh bhi dh' aon inntin, agus 'g an cronachadh air son an aimhreite.* 18 *Sgriosaidh Dia gliocas nan daoine eagnuidh le amaideachd searmonachaidh;* 26 *agus tha è gairm a steach ni h iad na daoine glice, no cumhachdach, no uasal,* 27 *ach iadsan a'ta amaideach, an-mhunn agus gun mheas diubh.*

POL a ghairmeadh *gu bhi* 'n a abstol do Iosa Criosd, tre thoil De, agus Sostenes *ar* brathair,

2 Chum eaglais De, a'ta ann Corintus, chum na droing' a 'ta air an naomhachadh ann Iosa Criosd, air an gairm *gu bhi* 'n an naoimh, maille riu-san uil' a 'ta gairm air ainm ar Tighearna Iosa Criosd ann s gach uil' àite, an *Tighearna-san*, agus ar *Tighearn'-ne.*

3 Gràsa dhuibhse, agus sìth-chaint o Dhia ar n Athair, agus o 'n Tighearna Iosa Criosd.

4 Ata mi toirt buidheachais do Dhia a ghnà' air bhur son-sa, air son gràs Dhe a thugadh dhuibhse ann Iosa Criosd;

5 Air son gu 'n d' rinneadh saibhir leisin sibh ann s gach uile ni, ann s gach uile ùr-labhradh, agus *ann* s gach eòlas:

6 Reir mar a dhaingnicheadh sia'nais Chriosd annaibh.

7 Ionnas nach 'eil sibh dhei'-làimh ann tiodhlac' sam bith; ag feitheamh re foillseachadh ar Tighearna Iosa Criosd:

8 Neach

8 Neach fòs a dhaingnicheas fibh gus a' chrìch, *chum's gu'm bi fibh* neo-lochdach ann là ar Tighearna Iofa Crioſd.

9 'Ta Dia firinneach, leis an do ghairmeadh fibh chum co'-chomunn a Mhic Iofa Crioſd ar Tighearna.

10 'Noiſe guidheam oirbh, a bhràithre, tre ainm ar Tighearna Iofa Crioſd, gu 'n labhair fibh gu leir an t aon ni; agus nach bi eas-aonachda 'n ar meaſg; ach gu'm bi fibh ceangailte r'a chéile gu diong'alta ann aon inntin, agus ann aon * bharail.

11 Oir nochdadh dhamh-ſa, a bhràithre, mu'r timchioll-ſa, leoſan *a 'ta do theaghlach* Chloe, gu bheil coi'-ſtribh 'n ar meaſg.

12 'Noiſe deiream ſo, gu'n abair gach aon agaibh, † Is le Pòl miſe, agus is le Apollos miſe, agus is le Cephas miſe, agus is le Crioſd miſe.

13 Am bheil Crioſd air a roinn? an do cheuſadh Pòl air bhur ſon? no an do bhaiſteadh ann ainm Phòil fibh?

14 'Ta mi toirt buidheachais do Dhia, nach do bhaiſt mi h aon agaibh, ach Criſpus agus Gaius:

15 Air eagal gu 'n abradh neach, gur bhaiſt mi a'n' ainm fein.

16 Agus bhaiſt mi fòs teaghlach Stephanais: tuilleadh, ni 'm fios damh an do bhaiſt mi aon neach eile.

17 Oir cha do chuir Crioſd mi a bhaiſteadh, ach a ſhearmonachadh an t ſoiſgeil: ni h ann ann gliocas focail, chum nach cuirte crann-ceuſaidh Chriosd ann neo-bri'.

18 Oir ata ſearmonachadh a' chroinn-cheuſaidh 'n a amaideachd dhoibhſin a chaillear: ach dhùinne a ſhlànuichear, is è cumhachd Dhe è.

19 Oir ata è ſgriobhta, Sgriosaidh mi gliocas nan *daoine* glice, agus cuiridh mi air cùl tuigſe nan *daoine* tuigſeach.

20 C'àit' am bheil *an daine* glic? c'àit am bheil an ſgriobhuich? c'àit' am bheil deasboir an t ſaoghail ſo? nach do rinn Dia gliocas an t ſaoghail ſo amaideach?

21 Oir 'n uair, ann gliocas De, nach b' aithne do'n t ſaoghal ſo Dia tre ghliocas, ‡ bu taitneach le Dia le amaideachd an t ſearmonachaidh iadſan a § ſhlànuchadh a 'ta creidſin.

22 Oir ata na h Iudhaich ag iarraidh comharthaidh, agus ata na Greugaich a' ſireadh gliocais:

23 Ach ata ſinne a' ſearmonachadh Chrioſd air a cheuſadh, 'n a cheap-tuille do na h Iudhachaibh, agus do na Greugachaibh 'n a amaideachd;

24 Ach dhoibhſin a 'ta air an gairm araon Iudhaich agus Greugaich, Crioſd cumhachd Dhe, agus gliocas Dhe.

25 Do bhri' gur glice amaideachd Dhe na daoine; agus gur treiſe anmhuinneachd Dhe na daoine.

26 Oir chi ſibh fein ar gairm, a bhràithre, nach iomadh *daoine* glic a thaobh na feòla, nach iomadh cumhachdach, nach iomadh uaiſle *a 'ta air an gairm.*

27 Ach roghnaich Dia nithe amaideach an t ſaoghail ſo, chum gu'n cuireadh è na daoine glice gu naire; agus roghnaich Dia nithe anmhunna an t ſaoghail, chum gu'n cuireadh è gu naire na nithe cumhachdach;

28 Agus nithe an-uaſal an t ſaoghail, agus nithe tarcuiſeach roghnaich Dia, agus na nithe nach 'eil ann, chum gu 'n cuireadh è na nithe a 'ta ann, ann neo-bri':

29 Ionnas nach deanadh feoil ſam bith pàill 'n a fhìa'nais.

30 Ach uaithe-ſin ata ſibhſe ann Iofa Crioſd, neach a rinneadh chuinne le Dia 'n a ghliocas, 'n a fhìreantachd, 'n a naomhachd, agus 'n a fhaorſa:

31 Ion-

* bhreith. † Is deiſciobul do Phòl miſe, &c. ‡ bu toil. § ſlàbhalaidh.

31 Ionnas, reir mar ata è fgriobhta, An ti a ni uaill, deanadh e uaill ann fan Tighearna.

CAIB. II.

1 *'Ta è cur ann céill ge nach 'eil a fhearmonachadh ann òirdheirceas cainnte, 4 no ann gliocas dhaoine; 5 gidheadh gu bheil è a' coi'-fheafamh ann cumhachd Dhe; agus co'-mòr a' toirt barrachd air gliocas an t faoghail, agus tuigfè dhaoine, as nach 'eil an duine nàdurra comafach air a léirfin.*

AGUS 'n uair a thainig mife d'ar ionnfuidhs', a bhràithre, cha b' ann le òirdheirceas cainnte, no gliocais a thainig mi, ag cur ann céill duibh teifteas Dhe.

2 Oir chuir mi romham gun eòlas a ghabhail air ni fam bith 'n ar meafg, ach air Iofa Criofd, agus eifean air a cheufadh.

3 Agus bha mi 'n ar meafg ann anmhainneachd, agus ann eagal, agus am mòr chrith.

4 Agus cha *raibh* m' fhocal agus mo fhearmonachadh ann am briathraibh * milfe ghliocais daonna, ach ann làn-dearbhadh an Spioraid, agus a' chumhachd:

5 Chum gu'm biodh bhur creidimh-fe ni h ann ann gliocas dhaoine, ach ann cumhachd Dhe.

6 Ach gidheadh ata finn a' labhairt gliocais am meafg nan daoin' iom-lan: ach ni h è gliocas an t faoghail fo, no phrionnfuidh an t faoghail fo, a theid † a' mugha.

7 Ach ata finn a' labhairt gliocais De ann rùn-diomhair, *eadhon an gliocas fin a bha* folaichte, a dh' òrduich Dia roimh an t faoghal chum ar glòir-ne.

8 An gliocas nach b' aithne do aon neach do phrionnfuibh an t faoghail fo: oir nam b' aithne dhoibh è, cha cheufadh iad Tighearna na glòire.

9 Ach a reir mar ata è fgriobhta, Cha 'n fhaca fùil, agus cha chuala cluas, agus cha d' thainig ann croidhe duine, na nithe a dh' ull'uich Dia dhoibhfin aig am bheil gràdh dha.

10 Ach dh' fhoillfich Dia dhuinne *iad* leis a Spiorad fein: oir ata an Spiorad a' rannfachadh nan uile nithe, eadhon, nithe doimhne Dhe.

11 Oir co an duine d' ah aithne nithe duine, ach do fpiorad an duine a 'ta ann? mar fin ni bheil fios aig neach fam bith air nithibh Dhe, ach aig Spiorad Dhe.

12 'Noife fhuair finne, ni h è fpiorad an t faoghail, ach an Spiorad a 'ta o Dhia; chum gu'm biodh fios nan nithe fin againn a thugadh dhuinn gu faor o Dhia.

13 Nithe mar an ceudna a 'ta finn a' labhairt, ni h ann am briathraibh a theagaifgeas gliocas dhaoine, ach am *briathraibh* a theagaifgeas an Spiorad naomh; a' ‡ coi-mhineadh nithe fpioradail re nithibh fpioradail.

14 Ach cha ghabh an duine nàdurra re nithibh Spioraid De: oir is amaideachd leis iad; agus ni bheil è 'n comas da eòlas a ghabhail *orra*, do bhri' gur ann air mhodh fpioradail a thuigear iad.

15 Ach bheir an duine fpioradail breith air na h uile nithibh, gidheadh ni bheil è fein fuidh bhreith duine fam bith.

16 Oir co d'am b' aithne inntin an Tighearna, *agus* a theagaifgeas è? ach tha inntin Chriofd againne.

CAIB. III.

2 *'Ta bainne iomchu'idh air fon cloinne.* 3 *'Ta fìri' agus aimhreite 'n an comhartha cinnteach air inntin fheòlmhoir.* 7 *Cha 'n 'eil ann fan ti a phlanduicheas, agus ann fan ti a dh' uifgicheas, ach neo-ni.* 9 *Is co-oibrichiad mini-*

* fairngeach. † a' neo-bri'. ‡ coi'meas.

ministeire an t soisgeil maille re Dia. 11 *'S è Criosd an t aon bhunadh.* 16 *'S iad daoine teampuill Dhe,* 17 *a 's coir a choimhead naomha.* 19 *Is amaideachd aig Dia gliocas an t saoghail so.*

AGUS, a bhràithre, ni 'm feudainnse labhairt ribhse mar re *daoinibh* spioradail, ach mar re *daoinibh* colluidh, amhuil re naoidheanaibh ann Criosd.

2 Bheathaich mi le bainne sibh, agus ni le biadh: oir gus a so cha b' urradh sibh *a ghabhail*, agus a noise fein cha 'n urradh sibh.

3 Oir ata sibh fòs seòlmhor: oir thaobh gu bheil sarmad 'nar measg, agus strì', agus aimh-reite, nach 'eil sibh seòlmhor, agus ag im'eachd mar dhaoine?

4 Oir 'nuair a deir neach, * Is le Pòl mi, agus neach eile, *Is* le Apollos mise, nach 'eil sibh seòlmhor?

5 Co è ma seadh Pòl, agus co è Apollos, ach ministeire tre 'n do chreid sibh, eadhon mar a thug an Tighearna do gach aon?

6 Phlanndaich mise, dh'uisgich Apollos: ach 's è Dia a thug am fàs.

7 Uime sin ma seadh, ni bheil ann san ti a phlanndaicheas no ann san ti a dh' uisgicheas, bri' sam bith: ach ann Dia a 'ta toirt an fhàis.

8 'Noise an ti a phlanndaicheas, agus an ti a dh' uisgicheas, is aon iad: agus gheibh gach aon a dhuais fein, do reir a shaothair fein.

9 Oir is co'-luchd-oibre do Dhia sinne: is sibhse † treabhachd Dhe, *is sibh* aitreabh Dhe.

10 Reir gràis De a thugadh dhamh-sa, mar mhaighistir-oibre glic leag mi am bunadh, agus ata neach eile a' tog'ail air, ach thugadh gach neach fainear cionnas a thogas è air.

11 Oir bunait eile cha'n urradh duine sam bith a chur, ach *am bunait* a chuireadh *a cheana*, eadhon Iosa Criosd.

12 'Noise ma thogas neach air a' bhunadh so, òr, airgiod, clocha prìseil, fiodh, feur, connlach:

13 Nithear obair gach aon duine follasach. Oir nochdaidh an là i, do bhri' gu'm foillsichear i le teine; agus dearbhaidh an teine obair gach aon, ciod is gnè dh'i.

14 Ma dh' fhanas obair neach sam bith a thog sè air, gheibh è duais.

15 Ma loisgear obair neach sam bith, fuil'gidh sè call: ach saorar è fein; gidheadh amhuil mar tre theine.

16 Nach 'eil fhios agaibh gur sibh teampull De, agus gu bheil Spiorad De 'na chomhnuidh annaibh?

17 Ma thruailleas neach air bith teampull Dhe, sgriosaidh Dia an ti sin: oir ata teampull Dhe naomha, agus is sibhse è.

18 Na mealladh neach air bith è fein: ma shaoileas neach air bith 'nar measg *è fein* bhi glic san t saoghal so, biodh è 'na amadan, chum's gu'm bi sè glic.

19 Oir is amaideachd aig Dia gliocas an t saoghail so: oir ata è sgriobhta, ‡ Greimichidh sè na daoine glice 'n an innleachdaibh fein.

20 Agus a ris, Is aithne do'n Tighearna smuaintidh nan daoine glice, gur diomhaoineach iad.

21 Uime sin na deanadh neach air bith uaill a daoinibh: oir is libhse na h uile nithe:

22 Ma 's è Pòl, no Apollos, no Cephas, no an saoghal, no beatha, no bàs, no nithe a 'ta làthair, no nithe a 'ta re teachd; is libhse iad uile;

23 Agus is le Criosd sibhse; agus is le Dia Criosd.

CAIB.

* Is deisciobul do Phòl mi, &c.

† tuathanachd. ‡ Glacaidh.

CAIB. IV.

1 *Ciod è am meas a bhuineadh do dhaoinibh bhi aca air miniſteiribh.* 7 *Cha'n 'eil againn ni air bith ach na fhuair ſinn.* 9 *Na h abſtoil 'nam ball-amhairc do'n t ſaoghal, do ainglibh, agus do dhaoinibh,* 13 *mar ſhal agus anabas an t ſaoghail;* 15 *gidheadh is iad ar n aithreacha ann Crioſd,* 16 *agus bu chòir dhuinn an leanmhuin.*

BIODH a ſhamhuil ſo do mheas aig duine dhinne, mar mhiniſteiribh Chrioſd, agus *mar* * ſtiubhardaibh rùna-diomhair Dhe.

2 Tuilleadh eile iarrar ann ſtiubhardaibh, gu fuighear neach fìrinneach.

3 Ach agamſa is ro-bheag an ni gu'n d' thugadh breith orm libhſe, no le breitheanas duine: ſeadh, ni bheil mi toirt breith orm fein.

4 Oir cha 'n fhios damh ni ſam bith do m' thaobh fein, gidheadh ni bheil mi le ſo air m' fhìreanachadh: Ach is è an Tighearna eiſean a bheir breith orm.

5 Uime ſin na d' thugaibh breith air ni ſam bith roimh an àm, gus an d' thig an Tighearna, neach faraon a bheir gu ſoilleireachd nithe folaichte an dorchadais, agus a dh' fhoillſicheas comhairlean nan croidheacha: agus ann ſin gheibh gach neach cliu o Dhia.

6 Agus, a bhràithre, tharruing mi na nithe ſo do m' ionnſuidh fein, agus Apollos ann am fioghair, air bhur ſon-ſa: chum gu fòghlumadh ſibh uainne, gun bhar'ail a bhi agaibh *air daoinibh* os ceann na bheil ſgriobhta, chum nach biodh a h aon agaibh air a ſhéideadh ſuas air ſon aon duine ann aghaidh duin' eile.

7 Oir co tha deanamh eidirdhealachadh ortſa *o neach eile?* Agus ciod è ata agad nach d'fhuair thu? 'noiſe ma fhuair thu è, c'ar ſon ata thu deanamh uaill mar nach fuigheadh tu è?

8 'Noiſe 'ta ſibh sàthach, 'noiſe rinneadh ſaibhir ſibh, rioghaich ſibh as ar n eugmhais-ne: Agus b' fhearr leam gu'm bu righridh ſibh, chum gu'm biodhmaid-ne 'n ar righribh maille ribh.

9 Oir is i mo bhar'ail gur chuir Dia ſinne na h abltoil amach fa dheireadh, mar dhroing *a 'ta* air an òrduchadh chum bàis. Oir rinneadh ſinn 'nar † ſpeuclar do'n t ſaoghal, agus do ainglibh, agus do dhaoinibh.

10 *Is* amadain ſinne air ſon Chrioſd, ach *ata* ſibhſe glic ann Crioſd: *tha* ſinne lag, ach *ata* ſibhſe làidir: *ata* ſibhſe ann onoir, ach ſinne ann eas-onoir

11 Gus an uair ſo fein, tha ſinn araon ocrach, agus tartmhor, agus lomnochd, agus air ar bualadh do dhornaibh, agus gun aon àitecomhnuidh ſeaſmhach againn;

12 Agus re ſaothair, ag oibreachadh le 'r làmhaibh fein: Air fulang ana-cainnt dhuinn, tha ſinn a' beannachadh: 'n uair a gheurleanar ſinn, tha ſinn 'g a fhulang:

13 Air faghail toibheim dhuinn, tha ſinn a' guidheadh: rinneadh ſinn mar ſhalchar an t ſaoghail, mar anabas nan uile nithe gus an diugh.

14 Ni 'n ſgriobham na nithe ſo a chur nàire oirbh, ach mar mo chlann ghràdhach ata mi 'g ar comhairleachadh.

15 Oir ge gu bhuil deich mìle luchd-teagaiſg agaibh ann Crioſd, gidheadh *cha 'n 'eil agaibh* mòran athracha: oir ann Ioſa Crioſd ghin miſe ſibh tre an t ſoiſgeul.

16 Uime ſin guidheam oirbh, bithibh 'n ar luchd-leanmhuin ‡ ormſa.

17 Chum na crìche ſo chuir mi Timoteus d'ar ionnſuidh, neach a 'ta 'na

* luchd-frithealaidh air. † ball-amhairc.

‡ air m' eiſiomplair-ſe.

'n a mhac gràdhach dhamh, agus dìleas fan Tighearna, neach a chuireas ann cuimhne dhuibh mo shlighidhfe a'ta ann Criosd, reir mar ata mi teagasg ann s gach uil' àite ann s gach eaglais.

18 'Noise ata cuid air an féideadh suas mar nach d' thiginn d'ar ionnsuidh.

19 Gidheadh thig mi d'ar ionnsuidh gu h aith-ghearr', ma 's toil leis an Tighearna, agus bithidh fhios agam, ni h ann air cainnt na muintir a 'ta air an féideadh suas, ach air an cumhachd.

20 Oir ni h ann am focal *ata* rioghachd Dhe, ach ann cumhachd.

21 Ciod is àill libh? An d' thig mi d'ar ionnsuidh le slait, no ann gràdh, agus *ann* spiorad na * macantachd?

CAIB. V.

1 *Ata an duine collnach ni 's mò 'n a chùis-nàire dhoibh, na 'n a àdhbhar gàirdeachais.* 7 *Is còir an t sean làibhin a ghlanadh amach.* 10 *'S còir peacaich ghràineil a sheachnadh.*

1 TA sè air aithris gu † coitchionn *gu bheil* strìopachas 'n ar measg, agus a leithid sin do strìopachas, nach 'eil uiread agus air ainmeachadh am measg nan Cinneach, *eadhon*, gu'm biodh aig neach bean athar.

2 Agus ata sibh air bhur féideadh suas, agus cha d' rinn sibh bròn mar bu chòir, chum gu tugtadh air falbh uaibh am fear a rinn an gniomh so.

3 Oir gu deimhin air dhamhsa bhi uaibh a'm' chorp, ach a làthair agaibh ann spiorad, thug mi breith cheana, mar gu'm bithinn a làthair, *air* an neach a rinn an gniomh so;

4 Ann ainm ar Tighearna Iosa Criosd, air dhuibhse, agus do m' spiorad-sa bhi cruinn ann ceann a chéile, maille re cumhachd ar Tighearna Iosa Criosd,

5 A shambuil so do dhuine a thoirt thairis do Shàtan chum sgrios na feola, chum gu 'm bi an spiorad air a shàbhaladh ann là an Tighearna Iosa.

6 Ni *bheil* bhur n uaill maith: nach 'eil fhios agaibh gu'n ‡ geuraich beagan làibhin am meall uile?

7 Glanaibh amach uime sin an t sean làibhin, chum gu'm bi sibh 'n ar meall nuadh, mar ata sibh neo-làibhinnte. Oir ata eadhon Criosd ar n *uan* càisg' air ìobradh air ar son.

8 Uime sin gleidheamaid an fhéisd, na b' ann le sean làibhin, no le làibhin a mhioruin agus an uile; ach le *aran* neo-làibhinnte an treibhdhireis agus na firinn.

9 Sgriobh mi d'ar ionnsuidh ann litir, gun cho'-luadar a bhi agaibh re luchd strìopachais.

10 Gidheadh ni h ann gu h uile re luchd strìopachais an t saoghail so, no re luchd sainnt, no luchd foireigne, no luchd iodhol-àdhraidh; oir ann sin b' eigin duibh dol amach as an t saoghal.

11 Ach a noise sgriobh mi d'ar ionnsuidh, gun cho'-luadar a ghleidheadh, ma 'ta neach air bith d'an goir'ear bràthair 'na fhear-strìopachais, no sanntach, no 'na fhear iodhol-àdhraidh, no 'na fhear ana-cainnt, no 'na mheisgeoir, no 'na fhear foireigne, maille r'a leithid so do dhuine gun uiread is biadh itheadh.

12 Oir ciod è mo ghnothuch-sa breith thoirt orra-san a 'ta am muigh? nach 'eil sibhse a' toirt breith air an droing a 'ta stigh?

13 Ach ata Dia a' toirt breith orra-san a 'ta 'n leith 'muigh. Uime sin cuiribh air falbh an droch dhuine *sin* as § bhur meadhon fein.

CAIB.

* ceannsachd. † cumant'. ‡ gorraich. § bhur cuideachd.

CAIB. VI.

1 *Cha 'n fheud na Corintianaich dragh a chur air am bràithribh le 'n agairt chum lagha,* 6 *gu h àraidh ann làthair nan an-creidseach.* 9 *Cha fealbhuich na neo-fhìreanaich rioghachd Dhe.* 15 *'Siad ar cuirp buill Chriosd,* 19 *agus teampuill an Spioraid naoimh:* 16 *Uime sin cha 'n fheudar an truailleadh.*

AM bheil a chroidh' aig aon neach agaibh, aig am bheil cùis ann aghaidh duin' eile, dol fuidh bhreitheanas nan daoine eacorach, agus ni h ann fuidh *bhreitheanas* nan naomh ?

2 Nach 'eil fhios agaibh gu 'n toir na naoimh breith air an t saoghal ? agus ma bheir'ear breith air an t saoghal libhse, an è nach fiu fibh bhi 'n ar breithibh air na cùisibh a's lugha ?

3 Nach 'eil fhios agaibh gu 'n toir sinne breith air ainglibh ? cia mò na sin air nithibh a bhuineas do 'n bheatha so ?

4 Uime sin ma 'ta agaibh breitheanais mu thimchioll nan nithe sin a bhuineas do'n bheatha so, cuiribh 'n an suidhe *chum breitheanais* an dream a's lugha meas ann san eaglais.

5 Chum ar nàire labhram. 'N ann mar sin nach 'eil aon duine glic 'n ar measg ? *nach 'eil* fiu a h aon a's urradh breith a thoirt eidear a bhràithre ?

6 Ach ata bràthair a' dol gu lagh le bràthair, agus so ann làthair nan an-creidseach.

7 'Noise uime sin ata gu cinnteach lochd 'n ar measg, do bhri' gu bheil fibh dol gu lagh r'a chéile : C'ar son nach fearr libh ea-coir fhulang ? c'ar son nach fearr libh calldach a ghabhail ?

8 Gidheadh fos, ata fibh deanamh ea-coir agus diobhail, agus sin air *bhur* bràithribh.

9 Nach 'eil fhios agaibh nach fealbhaich luchd deanamh na h eacorach rioghachd Dhe ? Na meallar fibh : cha fealbhaich luchd strìopachais, no luchd iodhol-àdhraidh, no luchd adhaltrannais, no luchd macnuis, no na daoine a'ta ciontach do neo-ghloine mhi-nàdurra,

10 No luchd goid, no luchd fainnt, no meisgeirean, no luchd ancainnt, no luchd foreigne, rioghachd Dhe.

11 Agus mar sin bha cuid agaibh-se : ach ata fibh air bhur n ionnlad, ach ata fibh air bhur naomhachadh ; ach ata fibh air bhur fìreanachadh ann ainm an Tighearna Iosa, agus tre Spiorad ar Dè-ne.

12 'Ta na h uile nithe ceadaichte dhamh-sa, ach ni bheil na h uile nithe * iomchu'idh : ata na h uile nithe ceadaichte dhamh, ach cha chuir'ear mi fuidh chumhachd ni sam bith.

13 'Ta am biadh air son na bronn, agus a' bhrù air son a' bhìdh : ach sgriosaidh Dia faraon so agus sùd. 'Noise ni h ann do strìopachas ata an corp, ach do'n Tighearna ; agus an Tighearna do'n chorp.

14 Agus thog Dia faraon an Tighearna suas, agus togaidh è sinne suas trìd a chumhachd fein mar an ceudna.

15 Nach 'eil fios agaibh, gur iad bhur cuirp buill Chriosd ? uime sin an gabh mise buill Chriosd, agus an dean mi buill strìopaiche dhiubh ? Nar leigeadh Dia.

16 'N è nach 'eil fios agaibh, an ti sin a 'ta ceangailte re strìopaiche, gur aon chorp *ria* è ? Oir (deir se) bithidh dias 'nan aon fheoil.

17 Ach an ti a 'ta ceangailte ris an Tighearna, is aon Spiorad *ris* è.

18 Teichibh o strìopachas. 'Ta

* tarbhach,

gach aon pheacadh a ni duin' ann leith 'muigh do'n chorp: ach an ti a ni strìopachas, ata sè peacachadh ann aghaidh a chuirp fein.

19 'N è nach 'eil fios agaibh gur è bhur corp teampull an Spioraid naoimh *a'ta* annaibh, a 'ta agaibh o Dhia, agus cha leibh fein sibh?

20 Oir cheannachadh le luach sibh: uime sin thugaibh glòir do Dhia, le bhur corp, agus le bhur spiorad, a's le Dia.

CAIB. VII.

1 *Mu phòsadh,* 4 *leigheas an strìopachais;* 10 *agus nach bu chòir d'a bhannaibh bhi air am fuasgladh air bheag àdhbhair.* 18 *'S còir do gach duine bhi toilichte leis a ghairm.* 25 *Ciar son is còir roghuinn a dheanamh do bigheachd:* 35 *na reusoin air son am bu chòir pòsadh, no gun phòsadh.*

NOISE thaobh nan nithe mu'n do sgriobh sibh a'm' ionnsuidh-se: *Is* maith do dhuine gun bheantuin re mnaoi.

2 Gidheadh, chum strìopachas *a sheachnadh,* biodh a bhean fein aig gach fear, agus aig gach mnaoi a fear fein.

3 Thugadh am fear an deadhghean dligheach do'n mhnaoi: agus a' bhean mar an ceudna do'n duine.

4 Cha 'n 'eil comas a cuirp fein aig a' mhnaoi, ach aig an fhear: agus mar an ceudna cha'n 'eil comas a chuirp fein aig an fhear, ach aig a mhnaoi.

5 Na cumaibh bhur dlighe o chèile, ach le toil a chéile rè tamuill, chum sibh fein a thoirt do thosg' agus do ùrnuigh; agus thigibh cuideachd a-rìs, chum nach buair Satan sibh air son bhur neo-gheamnuidheachd.

6 Ach labhram so mar * ni ceadaicht', *agus* ni h ann mar àithne.

7 Oir bu mhiann leam gu 'm biodh gach uile dhaoine mar mi fein: gidheadh ata a thiodhlac' fein aig gach aon duine o Dhia, aig aon neach mar so, agus aig neach eile mar sùd.

8 Uime sin a deiream ris an droing nach 'eil pòsda agus ris na ban-tr'achaibh, Is maith dhoibh ma dh'fhanas iad eadhon mar ata mise.

9 Gidheadh mar fheudar leo iad fein a choimhead *geamnuidh,* pòsadh iad: oir is fearr pòsadh na losgadh.

10 Agus dhoibhsin a'ta pòsda àithneam, *gidheadh* ni mise, ach an Tighearna, gun a' bhean a dhealachadh r'a fear:

11 Ach ma dhealaicheas i, fanadh i gun phòsadh, no biodh i reith r'a fear: agus na cuireadh am fear uaithe *a* bhean.

12 Ach ris a' chuid eile deirimsa, ni h e an Tighearna, Ma bhios aig brathair fam bith bean nach 'eil ag creidsin, agus gu bheil i toileach comhnuidh a ghabhail maille ris, na cuireadh e uaithe i.

13 Agus a' bhean aig am bheil fear nach 'eil a' creidsin, agus gu bheil eisean toileach comhnuidh a ghabhail maille ris, na † fàgadh i è.

14 Oir ata an duine gun chreidimh air a naomhachadh ‡ leis a' mhnaoi, agus ata a' bhean gun chreidimh air a' naomhachadh § leis an fhear: no bhiodh bhur clann neo-ghlan; ach a noise ata siad naomha.

15 Ach ma dh' fhalbhas am *fear* gun chreidimh, falbhadh è. Cha 'n 'eil brathair no piuthar fa dhaorsa 'n an leithidibh sin do *chàsaibh:* ach ghairm Dia sinne chum sìth.

16 Oir ciod am fios ata agadsa, O bhean, nach slanuich thu t fhear? no ciod am fios ata agadsa, O fhir, nach slànuich thu *do* bhean?

17 Ach

* chomhairle. † cuireadh i uaithe è.

‡ sa mhnaoi. § san fhear.

17 Ach a reir mar a roinn Dia ris gach duine, mar a ghairm an Tighearna gach aon, mar sin gluaiseadh è: agus mar sin ata mise 'g òrduchadh ann sna h eaglaisibh uile.

18 'N do ghairmeadh neach sam bith agus è timchioll ghearta? na deanar è neo-thimchioll-ghearta: 'n do ghairmeadh neach sam bith gun è bhi timchioll ghearta? na timchioll-ghearrar è.

19 Cha 'n 'eil eifeachd san timchioll-ghearradh, agus cha 'n 'eil eifeachd san neo-thimchioll-ghearradh, ach *ann* coimhead àitheanta Dhe.

20 Fanadh gach aon ann sa ghairm ann do ghairmeadh è.

21 'N do ghairmeadh thu a'd' shearbhanta? na biodh suim agad dheth; ach ma dh' fheudas tu bhi saor, gu ma *h è* sin do roghainn.

22 Oir an ti a ghairmeadh san Tighearna 'na shearbanta, is è duine saor an Tighearna: mar an ceudna an ti a ghairmeadh *agus è* saor, is è searbhanta Chriosd.

23 Cheannachadh air luach sibh; na bithibh 'nar seirbhisich do dhaoinibh.

24 A bhràithre, san staid ann do ghairmeadh gach neach, ann sin fanadh è maille re Dia.

25 'Noise mu thimchioll mhaighdiona, ni bheil àithne agam o'n Tighearna: gidheadh bheiream mo bhreith mar neach a fhuair tròcair o'n Tighearna gu bhi dìleas.

26 Measam uime sin gu bheil so maith air son a' chruaidh-chais a 'ta làthair, *a deiream*, gu *bheil* è maith do dhuine bhi mar sin.

27 Am bheil thu ceangailte re mnaoi? na iarr fuasgla'. Am bheil thu fuasgailte o mhnaoi? na iarr bean.

28 Ach ma phòsas tu, cha do pheacaich thu; agus ma phòsas òigh, cha do pheacaich si: gidheadh, bithidh aig an leithidibh so triobloid san fheoil; ach caomhnam sibh.

29 Ach deiream so, a bhràithre, gu bheil an aimsir gaoraid sna bheil re teachd; ionnas saraon gu'm bi iadsan aig am bheil mnài, mar nach biodh mnài aca.

30 Agus iadsan ata re caoi', mar nach biodh iad re caoi'; agus iadsan a 'ta re gàirdeachas, mar mhuintir nach 'eil re gàirdeachas; agus iadsan a 'ta re ceannuigheachd, mar *dhaoine* nach 'eil a' sealbhachadh;

31 Agus iadsan a 'ta gnàthachadh an t saoghail so, mar dhroing nach 'eil 'g a chaitheamh: oir theid sgèimh an t saoghail so seachad.

32 Ach b' àill leam sibhse bhi gun ro-chùram. An ti nach 'eil pòsda, bithidh cùram nan nithe sin a bhuineas do 'n Tighearna air, cionnas a thoilicheas è an Tighearna:

33 Ach an ti a 'ta pòsda, bithidh cùram nithe an t saoghail air, cionnas a dh' fheudas è a bhean a thoileachadh.

34 'Ta mar an ceudna eidirdhealacha' eidear bean agus òigh: ata cùram uirre-se nach 'eil pòsda mu nithibh an Tighearna, chum's gu 'm bi si naomha, faraon 'na corp agus 'na spiorad: ach bithidh cùram air a' mhnaoi a 'ta pòsda mu nithibh an t saoghail, cionnas a dh' fheudas i toil a fir a dheanamh.

35 Agus so labhram chum bhur tairbhe fein, ni h ann chum gu 'n cuirinn * rib' oirbh, ach a chum an ni sin a 'ta tlachdmhor, agus gu'm feitheadh sibh air an Tighearna gun bhuaireadh.

36 Ach ma shaoileas duine sam bith gu bheil è 'g a ghiùlan fein gu mi-chiatfach thaobh a mhaighdin, ma

* riabh.

ma chuaidh blàth a h aimsir' thairis, agus gur còir a dheanamh mar sin, deanadh è na 's àill leis, cha 'n 'eil è a' peacachadh : pòsadh iad.

37 Gidheadh, an ti sin a' ta suidhichte gu daingean 'n a chroidhe, agus gun eigin sam bith air, ach aig am bheil cumhachd air a thoil fein, agus a chuir roimhe 'n a chroidhe, a mhaighdion a choimhead, ata sè a' deanamh gu maith.

38 Uime sin ma seadh, ata an ti a bheir seachad am pòsadh *i*, a' deanamh gu maith : ach ata an ti nach toir ann am pòsadh *i*, a' deanamh ni 's fearr.

39 'Ta bhean ceangailte leis an lagh rè na h ùin' a's beo d'a fear : ach ma gheibh a fear bàs, ata i saor gu pòsadh re aon neach a's toil leatha ; amhàin ann san Tighearna.

40 Ach tha i ni's sona, ma dh' fhanas i mar sin, do reir mo bhreith-se : agus is i mo bhar'ail-se fòs gu bheil Spiorad Dhe agam.

CAIB. VIII.

1 *Fantuin o bhidheannaibh a, dh' iobradh do iodholaibh.* 8 *Cha 'n fheud sinn ar saorsa Chriosduidh a mhi-ghnàthachadh, chum oilbheim d'ar bràithribh :* 11 *ach is còir dhuinn ar n eòlas a chòsachadh le gràdh.*

'NOISE thaobh nithe a dh' iobradh do iodholaibh, ata fhios againn gu bheil eòlas againn uile. Atuidh an t eòlas suas, ach bheir gràdh fòghlum.

2 Agus ma 'ta aon duine a' saoilsin gu bheil eòlas ni sam bith aige, cha 'n aithne dha aon ni fòs mar bu chòir dha aithneach'.

3 Ach ma 'ta gràdh aig duine sam bith do Dhia, 'ta an duine sin air aithneachadh leis.

4 Uime sin, mu thimchioll itheadh nan nithe sin a dh' iobradh do iodholaibh, ata fhios againne nach ni sam bith san t saoghal iodhol, agus nach '*eil* Dia sam bith eil' ann ach a h aon.

5 Oir ge gu bheil d' an goirthear Dée, ma 's ann air neamh no air talamh (amhuil mar ata iomadh Dia, agus iomadh Tighearna ann.)

6 Ach dhuinne *ni 'm bheil ach* aon Dia, an t Athair, o 'm *bheil* na h uile nithe, agus sinne * annsan ; agus aon Tighearna Iosa Criosd, tre *am bheil* na h uile nithe, agus sinne trìdsin.

7 Gidheadh ni *'m bheil* an t eòlas so ann sna h uile dhaoinibh : oir ata cuid le coguis thaobh an iodhoil gus an àm so, ag itheadh *a' bhìdh* mar ni a dh' iobradh do iodhol ; agus air d' an coguis bhi anmhunn, ata si air a salachadh.

8 Ach cha mhol biadh do Dhia sinn : oir ma dh' itheas sinn, ni 'm feaird' sinn è ; ni mò mur ith sinn, is meisd' sinn è.

9 Ach thugaibh fainear nach bi an † cumhachd so a 'ta agaibh air aon dòigh 'n a àdhbhar oilbheim do 'n dream a 'ta lag.

10 Oir ma chi neach thusa aig am bheil eòlas a' suidhe chum bìdh ann teampull an iodhoil, nach neartuichear coguis an ti sin a 'ta lag chum na nithe sin a dh' iobradh do iodholaibh itheadh :

11 Agus an ‡ d' theid do bhrâthair lag am mugha tre t eòlas-sa, air son an d'fhuair Criosd bàs ?

12 Ach le peacachadh dhuibh mar sin ann aghaidh nam bràithre, agus leis an coguis anmhunn a lotadh, ata fibh a' peacachadh ann aghaidh Chriosd.

13 Uime sin ma bheir biadh àdhbhar oilbheim do m' bhràthair, cha 'n ith mi feoil a choidhch', chum nach d' thugainn àdhbhar oilbheim do m' bhràthair.

CAIB. IX.

1 *'Ta è nochdadh a shaorsa, 7 agus gu'm*

* air a shon-san.

† i saorsa. ‡ caillfear.

gu'm buineadh do'n mhinisteir bhi air a bheathachadh leis an t soisgeul: 15 *gidheadh d'a dheadhghean maith fein gu 'n d' fhan è o bhi costail dhoibh,* 22 *agus o oilbheum a thoirt do neach sam bith ann cùisibh coi-dheis.* 24 *Tha ar beatha cosmhuil re réis.*

NACH abstol mise? nach 'eil mi saor? Nach fhaca mi Iosa Criosd ar Tighearna? nach sibhse m' obair san Tighearna?

2 Mur 'eil mi a'm' abstol do dhaoinibh eile, gidheadh gu cinnteach tha mi dhuibhse: oir is sibhse seula m' abstolachd ann san Tighearna.

3 Is è so mo fhreagradh do'n droing a chuireas ceisd orm,

4 Nach 'eil againne cumhachd itheadh agus òl?

5 Nach 'eil againne cumhachd piuthar, bean-phòsda a thoirt leinn fa 'n cuairt, amhuil mar na h abstoil eile, agus bràithre an Tighearna, agus Cephas.

6 No am bheil mise agus Barnabas amhàin, gun * chumhachd againn bhi saor o obair?

7 Co theid chum cogaidh uair air bith air a chostus fein? co a phlanndaicheas fion-ghàra', agus nach ith d'a thora'? no co bheathaicheas treud, agus nach § blais do bhainne an treud?

8 An ann mar dhuine a labhram na nithe so? no nach abair an lagh na nithe sin mar an ceudna?

9 Oir ata è sgriobhta ann lagh Mhaois, Na cuir ceangal air beul an daimh ata † bualadh an arbhair. Am bheil cùram nan damh air Dia?

10 No nach ann gu h uile air ar son-ne a deir è so? gu deimhin *is ann* air ar son-ne 'ta è sgriobhta: chum gur ann an dòchas a dheanadh an treabhoir treabha'; agus chum an neach a bhuaileas ann dòchas, gu'm bi è 'na fhear co'-pairt d'a dhòchas.

11 Ma chuir sinne nithe spioradail dhuibhse, an ni mòr è ma bhuaineas sinn bhur nithe seòlmhor?

12 Ma 'ta muintir eile 'n an luchd co'-pairt do'n chumhachd so oirbh, nach mò is còir dhuinne *bhi?* Gidheadh, cha do chuir sinn an cumhachd so ann cleachda; ach ata sinn a' fulang nan uile nithe, chum nach cuireamaid bacadh air soisgeul Chriosd.

13 Nach 'eil fhios agaibh gu bheil iadsan a 'ta saothreachadh mu thimchioll nithe naomha, air am beathachadh *le nithibh* an teampuill? agus iadsan a 'ta frithealadh do 'n altair, gu bheil ‡ iad 'n an luchd co'-pairt ris an altoir?

14 Agus mar sin dh' òrduich an Tighearna fòs dhoibhsin a 'ta searmonachadh an t soisgeil, an teachd-ann-tir fhaghail o'n t soisgeul.

15 Ach cha do ghnàthaich mise a h aon diubh sin, agus cha do sgriobh mi na nithe so, chum gu 'n deantadh mar sin dhamh: oir b'fhearr dhamh-sa am bàs fhaghail, na gu'n cuireadh neach air bith m' uaill ann neo-bri'.

16 Oir ge do shearmonaich mi an soisgeul, cha 'n 'eil àdhbhar uaill agam: oir ata eigin air a cur orm; seadh, is an-aoibhinn damh, mur searmonaich mi an soisgeul.

17 Oir ma 's ann gu toileach ata mi deanamh so, tha duais agam: ach ma 's ann ann aghaidh mo thoile, *gidheadh* ata ministreileachd air a h earbsadh rium.

18 Ciod i mo dhuais ma seadh? *eadhon so,* chum ag searmonachadh an t soisgeil damh, gu 'n deanainn soisgeul Chriosd gun chostus, chum nach mi-ghnàthaichinn mo chumhachd san t soisgeul.

19 Oir ge do tha mi saor o gach uile

* chòir. § ith. † briseadh. ‡ comh-roinn aca.

uile dhaoinibh, gidheadh rinn mi mi fein a'm' fheirbhiseach do gach uile, chum gu 'n cosnainn an tuilleadh.

20 Agus rinneadh mi do na h Iudhachaibh mar Iudhach, chum gu'n cosnainn na h Iudhaich; dhoibhsin a 'ta fuidh 'n lagh, mar *dhuine* fuidh 'n lagh, chum gu'n cosnainn iadsan a 'ta fuidh 'n lagh;

21 Dhoibhsin a 'ta gun lagh, mar *dhuine* gun lagh, (ge nach 'eil mi gun lagh do Dhia, ach fuidh lagh do Chriosd) chum gu'n cosnainn iadsan a 'ta gun lagh.

22 Rinneadh mi dhoibhsin a 'ta * anmhunn mar *dhuine* anmhunn, chum gu'n cosnainn an droing a 'ta anmhunn: Bha mi san uile chruth do na uile dhaoinibh, chum air gach uile dhòigh gu 'n slanuichinn cuid eigin.

23 Agus so do dheanam air son an t soisgeil, chum gu'm bi agam co'-pairt dheth maille *ribhse*.

24 Nach 'eil fhios agaibh iadsan a 'ta ruidh ann sa bhlàr-réise, gu 'n ruidh iad uile, ach is aon duin' a gheibh an geall? gu ma h amhuil a ruidheas sibhse, ionnas gu 'n glac sibh *an geall*.

25 Agus ata gach uile ghleachdoir measarra ann sna h uile nithibh: 'noise, ata iadsan a' *deanamh sin* chum's gu 'm fuigh iad crùn truaillidh, ach sinne *air son crùin* neo-thruaillidh.

26 Uime sin is amhuil a ruidheamsa, ni h ann mar gu neo-chinnteach: is amhuil a † chogam, ni h ann mar neach a bhuaileas an t aidhear:

27 Ach trom-bhuaileam mo chorp, agus cuiream fuidh smachd è: an t eagal air chor sam bith taireis damh *an soisgeul* a shearmonachadh do dhroing eile, ‡ gu'n cuir'ear mi fein air cul.

CAIB. X.

1 *'Ta sacramainte nan Iudhach 'nan samhla air ar sacramaintibh-ne,* 14 *agus am peanas mar rabhadh dhuinn iodhol-adhradh a sheachnadh.* 21 *Cha 'n fheud sinn bhi 'nar luchd co'-pairt do bhòrd an Tighearna, agus dhiabhol faraon:* 24 *agus ann nithibh coi'-dheis 's còir dhuinn suim a bhi againn d'ar brùthribh.*

TUILLEADH eile, a bhràithre, cha b' àill leam sibhse bhi ain-eolach, gu raibh ar n aithreacha uile fuidh 'n nèul, agus chuaidh iad uile tre 'n fhairge;

2 Agus bhaisteadh iad uile do Mhaois san nèul, agus ann san fhairge;

3 Agus dh 'ith iad uile an t aon bhiadh spioradail;

4 Agus dh' òl iad uile an t aon deoch spioradail: (oir dh' òl iad do 'n charruig spioradail sin a lean iad: agus b i a' charruig sin Criosd.)

5 Ach § le mòran diubh cha raibh Dia toilichte: oir sgriosadh san fhàsach iad.

6 'Noise bha na nithe sin 'nan saimpleiribh dhuinne, chum nach ‖ sanntaicheamaid droch nithe, mar a shanntaich iadsan fòs.

7 Agus na bithibhse 'n ar luchd iodhol-adhraidh, mar *a bha* cuid aca-san; reir mar ata è sgriobhta, Shuidh am pobull fios a dh' itheadh agus a dh'-òl, agus dh' eirich iad a chluich'.

8 Agus na deanamaid strìopachas, mar a rinn cuid aca-san, agus thuit *dhiubh* ann aon là tri mìle fichead.

9 Agus na ** buaireamaid Criosd, mar a bhuair cuid aca-san fòs, agus sgriosadh iad le naithrichibh nimhe.

10 Agus na deanaibhse monmhor, mar a rinn cuid aca-san mon-

* lag. † chathuicheam, ‡ gu diùltar, gu tilgear mi. § cha do thaitin mòran aca re Dia.
‖ miannaicheamaid. ** dearbhamaid.

monmhor fòs, agus sgrioſadh iad leis an *sgrioſadoir.

11 'Noiſe tharladh na nithe ſo uile dhoibhſin mar eiſeimpleiribh: agus ſgriobhadh iad chum teagaſg *a thoirt* duinne, air am bheil deireadh an domhain air teachd.

12 Uime ſin an ti † a thaoileas a bhi 'n a ſheaſamh, thugadh è aire nach tuit sè.

13 Cha do thachair ‡ buaireadh air bith ribh, ach ni ata cumanta do dhaoinibh: ach tha Dia dìleas, nach leig dhuibh bhi air bhur buaireadh thar bhur comas; ach a ni maille ris a' bhuaireadh ſligh̀e dol as mar an ceudna, chum gu 'm bi ſibh comaſach air a ghiùlan.

14 Air an àdhbhar ſin, a mhuintir mo ghràidh, teichibh o iodhol-àdhradh.

15 Labhram mar re daoinibh tuigſeach: thugaibhſe breith air an ni a deiream.

16 Cupan a' bheannachaidh a 'ta ſinne a' beannachadh, nach è comunn fola Chrioſd è? An t aran a 'ta ſinn ag briſeadh, nach è comunn cuirp Chrioſd è?

17 Oir ge do tha ſinne 'n ar mòran, is aon aran, agus aon chorp ſinn: oir ata againn uile co'-pairt do'n aon aran.

18 Thugaibh fainear Iſrael a reir na feòla: nach 'eil aca-ſan a 'ta 'g itheadh nan ìobairte co'-pairt ris an altair?

19 Ciod a deiream uime ſin? gu bheil bri' air bith ann ſan iodhol, no gu bheil bri' air bith ſan ni a dh' ìobradh do iodholaibh?

20 Ach *a deiream*, na nithe a 'ta na Cinnich ag ìobradh, gur ann do dheamhnaibh ata ſiad 'g an ìobradh, agus nach ann do Dhia: agus cha b' àill leam comunn bhi agaibhſe re dean hnaibh.

21 Cha 'n 'eil è ann comas duibh cupan an Tighearna òl, agus cupan dheamhan. Cha 'n 'eil è ann comas duibh co'-roinn a bhi àgaibh do bhòrd an Tighearna, agus do bhòrd dheamhan.

22 Am broſnaich ſinn an Tighearna gu feirg? an treiſe ſinn na eiſean?

23 'Ta na h uile nithe ceadaichte dhamh-ſa, ach ni bheil na h uile nithe § tarbhach: ata na h uile nithe ceadaichte dhamh, ach cha toir na h uile nithe fòghlum.

24 Na iarradh neach air bith an ni ſin a bhuineas dha fein: ach iarraidh gach aon *an ni* ſin a thig re maith neach eile.

25 Ithibh gach uile ni a reicear am marga' na feòla, gun cheiſd air bith ‖ fharraid air ſon coguis.

26 Oir is leis an Tighearna an talamh, agus a làn.

27 Ma bheir aon neach dhiubhſan nach 'eil a' creidſin cuireadh dhuibh, agus gur toil libh dol maille ris; ithibh gach ni a chuir'ear romhaibh, gun ni ſam bith fheòruich air ſon coguis.

28 Ach ma deir duin' air bith ribh, Dh' ìobradh an ni ſo do iodholaibh na ithibh, air a ſhonſan a nochd dhuibh è, agus air ſon coguis. Oir is leis an Tighearna an talamh, agus a làn.

29 *Air ſon* coguis deiream, cha 'n i *do choguis* fein, ach *coguis* an neach ud eile: oir c'ar ſon a bheir'ear breith air mo ſhaorſa-ſa le coguis duin' eile?

30 Oir, ma 'ta co'-pairt *bìdh* agamſa tre ghràs, c'ar ſon a labhrar olc umam thaobh an ni ſin air ſon am bheil mi toirt buidheachais?

31 Uime ſin co aca a dh' itheas no dh' òlas ſibh, no ge b' è ni a ni ſibh, deanaibh na h uile nithe chum glòir' Dhe.

32 Na tugaibh àdhbhar oilbheim, ni do na h Iudhachaibh, no do na Greugachaibh, no do eaglais Dè:

33 Reir

* ſgrios-fhear. † ata 'n a ſheaſamh. ‡ cruaidh-fheàchainn, § iomchubhaidh. ‖ fheòraich.

33 Reir mar * ata mise ag deanamh toil gach uile dhaoine ann s gach uile nithibh, gun bhi 'g iarraidh mo bhuannachd fein, ach *buannachd* mhòrain, chum gu slànuichear iad.

CAIB. XI.

1 *'Ta è faghail cron doibh, gu raibh ann nan coi'-thionail am fir a' deanamh ùrnuigh, agus an cinn air an comhdachadh, agus am mnài gun chomhdachadh air an cinn:* 17 *agus do bhri' gu raibh gu coitchionn an cruinneachadh ni h ann chum maith, ach chum uilc; gu sonraichte, air son gu raibh iad le 'm féisdibh fein a' mi-naomhachadh suipeir an Tighearna.* 23 *Fa-dheoidh 'ta è 'g an toirt air an ais gu ceud shuidheachadh an òrduigh sin.*

BITHIBHSE 'n ar luchd-leanmhuin ormsa, amhuil mar ata mise fòs air Criosd.

2 'Noise molam sibh, a bhràithre, do bhri' gu bheil cuimhn' agaibh ormsa ann sna h uile nithibh, agus gu bheil sibh a' coimhead nan òrduighean, amhuil mar a thug mise dhuibh *iad*.

3 Ach bu mhiann leam fios a bhi agaibh, gur è Criosd ceann gach uile dhuine; agus gur è am fear ceann na mnà; agus gur è Dia ceann Chriosd.

4 Gach duine a 'ta a' deanamh ùrnuigh no fàidheadoireachd, agus folach air *a* cheann, ata sè toirt eas-onoir d'a cheann.

5 Ach gach uile bhean a 'ta deanamh ùrnuigh no fàidheadoireachd gun fholach air *a* ceann, ata i toirt eas-onoir d'a ceann: oir is ionann sin agus ge do bhiodh i air a bearradh.

6 Oir mur bi folach air ceann na mnâ, bearrar i mar an ceudna: ach ma 's granda do mhnaoi i bhi air a bearradh no air a lomadh, cuireadh i folach uirre.

7 Oir gun amharus cha chòir do dhuine a cheann † a chomhdachadh, do bhri' gur h è iomhaigh agus glòir Dhe: ach is i a' bhean glòir an duine.

8 Oir ni h ann o'n mhnaoi ata am fear: ach a' bhean o'n fhear.

9 Agus fòs nior chruthaicheadh am fear air son na mnà: ach a' bhean air son an fhir.

10 Uime sin 's còir do'n mhnaoi ‡ cumhachd a bhi aice air *a* ceann, air son nan aingeal.

11 Gidheadh, ni 'm bheil am fear as eugmhais na mnà, no a' bhean as eugmhais an fhir ann san Tighearna.

12 Oir mar ata a' bhean o'n fhear, is amhuil sin *ata* 'm fear tre 'n mhnaoi mar an ceudna: ach is ann o Dhia 'ta na h uile nithe.

13 Measaibh annaibh fein: am bheil è ciatfach do mhnaoi ùrnuigh a dheanamh re Dia gun fholach *air a ceann*.

14 Nach 'eil nàdur fein a' teagasg dhuibh, ma bhios gruag fhada air duine, gur nàr dha è?

15 Ach ma bhios gruag fhada air mnaoi, is glòir dh'i è: oir thugadh a gruag dh'i air son § comhdaich'.

16 Ach ma bhios neach air bith connspoideach, cha 'n 'eil a leithid sin do ghnàthachadh againne, no aig eaglaisibh Dhe.

17 'Noise ann san ni so a chuiream ann céill *duibh*, ni molam *sibh*, do bhri' gu bheil sibh teachd ann ceann a chéile ni h ann chum bhur maith, ach bhur croin.

18 Oir air tùs, air cruinneachadh dhuibh ann ceann a chéile san eaglais, ata mi cluinntin gu bheil eas-aonachda 'n ar measg; agus ata mi ann cuid 'g a chreidsin.

19 Oir

* a thoilicheam. † fholach. ‡ *'s è sin r'a radh* folach, a leigeadh fhaicsin gu bheil i fa chumhachd a fir. § foleich.

19 Oir is eigin fòs *faobh-bhar'aile bhi eidearuibh, chum gu'n deanar follasach an dream a 'ta dearbhta 'nar measg.

20 Uime sin 'nuair a thig sibh ann ceann a chéile do aon àite, ni *h è sin* suipeir an Tighearna itheadh.

21 Oir ithidh gach aon air tùs a shuipeir fein, agus ata neach ocrach, agus neach eile air mheisg.

22 An è nach 'eil tighean agaibh chum itheadh agus òl ionnta? no am bheil sibh deanamh tàir' air eaglais De, agus a' nàrachadh na muintir aig nach 'eil? Creud a deiream ribh? Am mol mi sibh ann *sa chùis* so? cha mhol.

23 Oir fhuair mise o'n Tighearna, an ni sin fòs a thug mi dhuibhse, Gur ghlac an Tighearna Iosa aran, ann san oidhche an do bhrathadh è:

24 Agus air breith buidheachais, bhris sè è, agus a dubhairt è, Gabhaibh, ithibh; is è so mo chorpsa, a 'ta air a bhriseadh air bhur son-sa: deanaibh so mar chuimhneachan ormsa.

25 Air a' mhodh cheudna fòs *ghlac sè* an cupan, taireis na suipeir, ag radh, Is è an cupan so an Tiomnadh nuadh ann m' fhuil-se: deanaibhse so, cia minic a dh' òlas sibh è, mar chuimhneachan orm-sa.

26 Oir cia minic a dh' itheas sibh an t aran so, agus a dh' òlas sibh an cupan so, 'ta sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an d' thig è.

27 Uime sin, gé b'è neach a dh' itheas an t aran so, agus a dh' òlas cupan *so* an Tighearna gu neoiomchu'idh, bithidh sè ciontach do chorp agus do fhuil an Tighearna.

28 Ach ceasnuicheadh duine è fein, agus mar sin itheadh è do'n aran *so*, agus òladh è do'n chupan *so*:

29 Oir ge b'è dh' itheas agus a dh' òlas gu neo-iomchu'idh, ata è 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha fein, do bhri' nach 'eil è a' † deanamh aithneadh air corp an Tighearna.

30 Air a shon so *'ta* mòran 'nar measg ‡ anmhunn agus tinn, agus ata mòran 'n an codal.

31 Oir nan d' thugamaid breith oirn' fein, cha tugtadh breith oirn'.

32 Ach 'nuair a bheir'ear breith oirn', ata sinn air ar smachdachadh leis an Tighearna, chum nach bitheamaid air ar damnadh maille ris an t saoghal.

33 Uime sin, mo bhràithre, 'nuair a thig sibh ann ceann a chéile chum itheadh, fanaibh r'a chéile.

34 Agus ma bhios ocras air aon neach, itheadh è aig an tigh; chum nach d' thig sibh ann ceann a chéile gu breitheanas. Agus cuiridh mise gach ni eile ann òrdugh 'nuair a thig mi.

CAIB. XII.

1 *'Ta tiodhlacaidh spioradail iomadach thaobh gnè, 7 gidheadh ata iad uile gu tairbhe, 8 agus chum na crìche so air an tabhairt air caochla' dòigh:* 12 *chum a reir mar ata buill na colla nàdurra uile chum* 16 *maise,* 22 *agus feirbhis,* 26 *agus congnamh na h asn cholla;* 27 *mar sin gu bitheamaidne d'a chéile, a dheanamh suas corp diomhair Chriosd.*

NOISE thaobh § *tiodhlaca* spioradail, a bhràithre, cha b' àill leam sibh bhi ain-eolach.

2 'Ta fios agaibh gu raibh sibh 'nar Cinnich, air bhur tarruing gu iodholaibh balbha, reir mar a threòraicheadh sibh.

3 Uime sin ata mi toirt fios duibh, nach abair duin' air bith a'ta labhairt o Spiorad De, mu Iosa gu bheil è mallaichte: agus nach urradh duin' air bith a radh gur h è

* ciriceachd. † toirt aire do chorp. ‡ lag. § gibhte.

Iosa an Tighearna, ach trìd an Spiorad naomh.

4 'Noise ata eidir-dhealachadh thiodhlaca ann, ach *ni bheil ach* aon Spiorad ann.

5 Agus ata eidir-dhealachadh mhiniſt eileachd ann, gidheadh *ni bheil ach* aon Tighearn' ann.

6 Agus ata eidir-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is è an t aon Dia, a 'ta 'g oibreachadh nan uile *nithe* ann sna h uile.

7 Ach ata foillseachadh an Spioraid air a thoirt do gach neach, chum tairbhe

8 Oir do aon duine 'ta focal a' ghliocais air a thoirt leis an Spiorad; agus do dhuin' eile focal an eolais leis an Spiorad cheudna;

9 Do neach eile creidimh leis an Spiorad sin fein; do dhuin' eile tabhartas leighis trid an Spiorad cheudna;

10 Do neach eile oibreacha' mhiorbhuile; do neach eile faidheadoireachd; do neach eile aithneachadh ſpiorad; do neach eile *iomadh* gnè theanga; agus do neach eile eidir-mhìneachadh theanga.

11 Ach na nithe sin uile 'ta an t aon Spiorad ceudna ag oibreachadh, ag roinn ris gach aon fa leith reir mar is àill leis.

12 Oir mar is aon an corp, agus mòran do bhallaibh aige, agus ata uile bhuill an aon chuirp sin, ge h iomadh iad, 'nan aon chorp: is mar sin *ata* Criosd.

13 Oir trìd aon Spiorad bhaisteadh sinn uile do aon chorp, ma 's Iudhaich sinn no Greugaich, ma's daor no saor sinn; agus thugadh deoch re òl duinn uile chum aon Spioraid.

14 Oir cha 'n aon bhall an corp, ach mòran.

15 Ma deir a' chos, Do bhri' nach mi an làmh, cha 'n ann do'n chorp mi; nach 'eil i do 'n chorp air a ſhon sin?

16 Agus ma deir a' chluas, Do bhri' nach mi an t sùil, cha 'n ann do'n chorp mi; nach ann do'n chorp i air a ſhon sin?

17 Nàm *biodh* an corp uile 'na ſhùil, c'àit' am *biodh* a' chlàisteachd? Nam *biodh* sè uile 'na chlàisteachd, C'àit' am *biodh* am boladh?

18 Ach a noise ſhuidhich Dia na buill gach aon diubh sa chorp, mar bu toil leis.

19 Agus nam biodh iad uile 'n an aon bhall, c'àit' am *biodh* an corp?

20 Ach a noise *'ta iad* 'nam mòran bhall, ge nach 'eil *ann* ach aon chorp.

21 Agus cha 'n urradh an t sùil a radh ris an làmh, Cha 'n 'eil feum agam ortsa: no a-rìs, an ceann ris na cosaibh, Cha 'n 'eil feum agam oirbhse.

22 Ach gu ro-mhòr ni 's mò 'ta na buill sin do'n chorp, a's anmhuinn' thaobh cos'lais, feumail.

23 Agus air *na buill* sin do'n chorp, a's lugha onoir ann ar measne, 'ta sinn ag cur an tuilleadh onoir, agus na *buill* sin dhinn a's lugha maise, ata aca sin gu ro-mhòr an tuilleadh maise.

24 Oir air na *buill* mhaiseach againn ni bheil uireasbhuidh: ach rinn Dia an corp a chomh-chumadh r'a chéile, air dha an tuilleadh onoir gu mòr a thoirt do 'n *chuid* air an raibh uireasbhuidh:

25 Chum nach biodh eas-aonachd air bith sa chorp; ach gu 'm biodh an t aon chùram aig na buill d'a chéile.

26 Agus ma dh' fhuil'geas aon bhall, co'-fhuil'gidh na buill uile: no ma gheibh aon bhall onoir, ni na buill uile gàirdeachas maraon ris.

27 'Noise is sibhse corp Chriosd, agus *is* buill *sibh* sa leith.

28 Agus chuir Dia dream àraidh san eaglais, air tùs abstola, san dara àite faidhean, san treas àite

luchd-

luchd-teagaisg, a-ris miorbhuile, 'n a dhiaigh sin tabhartais leighis, luchd congnaimh, uachdaranachda, iomadh gnè theanga.

29 *Am bheil* gach uile 'nan abstolaibh? *Am bheil* gach uile 'n am faidhibh? *Am bheil* gach uile 'nan luchd-teagaisg? *Am bheil* gach uile 'nan luchd deanamh mhiorbhuile?

30 Am bheil aig gach uile tabhartais leighis? An labhair gach uile le teangaibh? An dean gach uile eidir-theangachadh?

31 Ach biodh oirbh miann dùrachdach nan tiodhlac' a's fearr: agus gidheadh nochdam-sa dhuibh slighe a's ro-fhearr.

CAIB. XIII.

1 *Cha 'n 'eil bri' fam bith ann sna tiodhlacaibh uile, d'am feabhas, as eugmhais a' ghràidh:* 4 *A chliu-san,* 13 *agus a bharrachd air dòchas agus creidimh.*

GE do labhrainn le teangaibh dhaoine, agus aingeal, agus gun * ghràdh agam, ata mi a'm' †phrais a ni fuaim, no a'm' chiombal a ni gleangarsaich.

2 Agus ge do raibh agam fàidheadoireachd, agus ge do thuiginn gach uile rùna-diomhair, agus gach uile eòlas; agus ge do bhiodh agam gach uile *ghnè* creidimh, ionnas gu 'n atharraichinn sleibhte, agus mi gun ghràdh agam, ni bheil annam ach neo-ni.

3 Agus ge do chaithinn mo mhaoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ge do bheirinn mo chorp chum a losgaidh, agus gun ghràdh agam, cha 'n 'eil tairbhe fam bith dhamh ann.

4 'Ta an gràdh fad-fhulangach, *agus* caoimhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dean an gràdh raiteachas, cha 'n 'eil è air a shéideadh suas,

5 Cha ghiùlain sè è fein gu mi-chiatfach, cha 'n iarr è na nithe sin a bhuineas da fein, cha 'n 'eil è so-bhrosnachaidh *chum feirge*, cha smuainich è olc sam bith,

6 Cha dean è gàirdeachas san ea-coir, ach ni è gàirdeachas san fhìrinn:

7 Fuil'gidh è na h uile nithe, creididh è na h uile nithe, bithidh ‡ dòchas aige ris na h uile nithibh, giùlainidh sè na h uile nithe.

8 Cha d' theid an gràdh air cùl a choidhch': ach ma's faidheadoireachda *'ta ann*, theid iad air cùl; ma's teangaidh, sguiridh siad; ma's eòlas, cuir'ear air cul è.

9 Oir ata eòlas againn ann cuid, agus ata sinn re faidheadoireachd ann cuid.

10 Ach 'n uair a thig an ni a 'ta iom-lan, cuir'ear air cùl an ni sin nach 'eil ach ann cuid.

11 'N uair a bha mi a'm' leanban, labhair mi mar leanban, thuig mi mar leanban, reusonaich mi mar leanban: ach air fàs damh a'm' dhuine, chuir mi na nithe leanabaidh air cùl.

12 Oir ata sinn a' faicsin san àm so gu dorcha' tre ghloin; ach ann sin *chi sinn* aghaidh re h aghaidh; san àm so is aithne dhamh ann cuid; ach ann sin aithnichidh mi mar ata aithneadh orm fòs.

13 Agus a noise fanaidh creidimh, § dòchas, gràdh, na tri *nithe* so; ach *is è* 'n gradh a's mò dhiubh so.

CAIB. XIV.

1 *'Ta è moladh fàidheadoireachd,* 2 *agus a' toirt urram dh i roimh labhairt le teangaibh,* 6 *le cosamhlachd air a thoirt o inneolaibh ciuil:* 12 *'s còir an gnàthachadh faraon, chum tog'ail suas na h eaglais,* 22 *mar a chrioch sin gus an d' òrduicheadh iad.* 26 *'Ta fior sheum gach aon diubh air a theagasg,* 29 *agus am mi-ghnè*

* feirc. † umha. ‡ sùil. § carbsa.

ghnàthachadh air a chronachadh.
34 *Ata è air a thoirmeasg do mhnaibh labhairt san eaglais.*

LEANAIBHS'E gràdh, agus biodh mòr mhiann *thiodhlaca* spioradail oirbh, ach gu ma mò bhur togradh sibh a dheanamh fàidheadoireachd.

2 Oir an ti a labhras ann teangaidh *choimheich*, ni h ann re daoinibh a labhras è, ach re Dia: oir cha 'n 'eil neach sam bith 'g a thuigsin; ge do tha è ann san Spiorad a' labhairt rùna-diomhair.

3 Ach an ti a 'ta deanamh fàidheadoireachd, ata sè a' labhairt re daoinibh chum * teagaisg, agus *chum* earail, agus *chuz* co'-fhurtachd.

4 An ti a 'ta labhairt ann teangaidh *choimheich*, ata sè 'g a † theagasg fein: ach an ti a ni fàidheadoireachd, ata sè teagasg na h eaglais.

5 Bu mhaith leam gu labhradh sibh uile le teangaibh, ach b' fhearr leam sibh a dheanamh faidheadoireachd: oir *is* mò an ti a ni fàidheadoireachd, na an ti a labhras le teangaibh, mur eidir-theangaich è, chum gu fuigheadh an eaglais fòghlum.

6 'Nois', a' bhràithre, ma thig mise d'ar ionnsuidh a' labhairt le teangaibh, ciod an tairbhe a ni mi dhuibh, mur labhair mi ruibh am foillseachadh, no ann eòlas, no am fàidheadoireachd, no ann teagasg?

7 Agus eadhon na nithe gun anam a ni fuaim, ma's pìob no clàrsach, mur dean iad eidir-dhealachadh 'n am fuaimibh, cionnas a thuigear an ni a sheinnear air a' phìob no air a' chlàrsaich?

8 Oir ma bheir a ghall-tromp fuaim neo-chinnteach uaipe, co a dh' ullamhaicheas è fein chum a' chatha?

9 Is amhuil sin sibhse, mur labhair sibh leis an teangaidh briathra so-thuigsin, cionnas a dh'aithnichear an ni a labhrar? oir is ann ris an aidhear a labhras sibh.

10 Ata, feudaidh è bi, an uiread do ghuthannaibh san t saoghal, agus cha 'n 'eil a h aon diubh gun ‡ bhlagh.

11 Uime sin mur tuig mi bri' a' ghutha, bithidh mi do'n ti a labhras, barbarra; agus *bithidh* an ti a labhras, barbarra dhamh-sa.

12 Is mar sin sibhse mar an ceudna, do bhri' gu bheil § cion agaibh air *tiodhlacaibh* spioradail, iarraibh sibh fein a thoirt barrachd chum fòghluim na h eaglais.

13 Uime sin an ti a labhras ann teangaidh *choimheich*, guidheadh è gu'n deanadh sè eidir-theangachadh.

14 Oir, ma ni mise ùrnuigh ann teangaidh *choimheich*, ata mo spiorad ag deanamh ùrnuigh, ach ata mo thuigse neo-tharbhach.

15 Creud ma seadh? ni mi ùrnuigh leis an spiorad, agus ni mi ùrnuigh leis an tuigse mar an ceudna: seinnidh mi leis an spiorad, agus seinnidh mi sòs leis an tuigse.

16 No 'n uair a bheannuicheas tu leis an spiorad, cionnas a deir an ti a 'ta ann an àite an duine gun fhòghlum, Amen re d' bhreithbuidheachais, do bhri' nach tuig è an ni a deir tu?

17 Oir gu deimhin ata thusa toirt buidheachais gu maith, gidheadh ni bheil an neach eile air a theagasg.

18 Bheiream buidheachas do m' Dhia, *gu 'n* labhram le teangaibh tuilleadh na sibh uile:

19 Ach b' fhearr leam cuig focail a labhairt san eaglais le m' thuigse, chum gu 'n teagaisginn daoin' eile mar an ceudna, na deich mìle focal ann teangaidh *choimheich*.

20 A

* tog'ail fuas, † thog'ail fein fuas. ‡ bhi'. § dcidh.

20 A bhràithre, na bithibhſe 'nar leanbaibh ann tuigſe: gidheadh, ann * droch mhèin bithibh 'nar leanbaibh, ach ann tuigſe bithibh 'nar *daoine* foirfe.

21 'Ta è ſgriobhta ſan lagh, Labhraidh mi ris a' phobull ſo ann teangaibh eile, agus am bilibh eile: gidheadh ann diaigh ſin uile cha 'n eiſd iad rium, deir an Tighearna.

22 Uime ſin ata teangaidh *coimheacha* 'n an comharthaibh. ni h ann do'n droing a 'ta creidſin, ach dhoibhſin a 'ta mi-chreid'each: ach ata fàidheadoireachd ni h ann air an ſon-ſan nach 'eil a' creidſin, ach air an ſon-ſan a 'ta creidſin.

23 Uime ſin ma chruinnicheas an eaglais uile ſan aon àite, agus ma labhras iad uile le teangaibh *coimheach*, agus gu 'n d' thig droing a 'ta gun fhòghlum a ſteach, no daoine mi-chreid'each, nach abair iad gu bheil ſibh air † boile?

24 Ach ma ni iad uile fàidheadoireachd, agus gu'n d' thig duine gun chreidimh a ſteach, no *neach* a 'ta gun fhòghlum, ‡ fàg'ar ris è leis gach uile, agus bheir'ear breith air leis gach uile:

25 Agus mar ſin ata *nithe* folaichte a chroidhe air am foillſeachadh; agus mar ſin, air dha tuiteam air aghaidh, ni sè àdhradh do Dhia, ag aithris gu bheil Dia gu fìrinneach annaibhſe.

26 Ma ſeadh creud è ſin, a bhràithre? air teachd ann ceann a chéile dhuibh, ata ſalm, ata teagaſg, ata teanga, 'ta foillſeachadh, 'ta eidirtheangachadh, aig gach aon agaibh. Deanar gach uile nithe chum ſòghluim.

27 Ma labhras aon neach ann teangaidh *choimheich*, labhradh dias, no air a' chuid a's mò triuir, agus ſin ann diaigh a chéile; agus deanadh a haon eidir-theangachadh.

28 Ach mur bi eidir-theangoir *ann*, fanadh è 'na thoſd ſan eaglais; no labhradh è ris fein, agus re Dia.

29 Labhradh dias no triuir do na faidhibh, agus thugadh a' chuid eile breith.

30 Ach ma dh' fhoillſichear *nì* do neach eile a 'ta 'na ſhuidhe, biodh an ceud *duine* 'na thoſd.

31 Oir feudaidh ſibh uile fàidheadoireachd a dheanamh gach aon ann diaigh a chéile, chum's gu fuigh gach uile fòghlum, agus gach uile co'-fhurtachd.

32 Agus ata ſpiorada nam fàidhean umhal do na faidhibh.

33 Oir cha 'n è Dia *ùghdair* an eas-òrduigh, ach na ſiothchaint, mar ann an eaglaiſibh nan naomh uile.

34 Biodh bhur mnài 'nan toſd ſna h eaglaiſibh: oir ni bheil è ceadaichte dhoibh labhairt: ach *'s còir dhoibh* bhi umhal, mar a deir an lagh mar an ceudna.

35 Agus ma 's miann leo ni ſam bith fhòghlum, fioſraicheadh iad d'am fearaibh fein àig an tigh è: oir is mi-chiatfach do mhnaibh labhairt ſan eaglais.

36 An ann uaibhſe thainig focal De amach? no an ann d'ar n ionnſuidhſe amhàin a thainig è?

37 Ma ſhaoileas duine ſam bith gur faidh, no gur duine ſpioradail è fein, aidmhicheadh è, na nithe a ſgriobhamſa d'ar n ionnſuidh, gur h iad àitheanta an Tighearna.

38 Ach ma ta neach ſam bith ain-eolach, biodh è ain-eolach.

39 Uime ſin, a bhràithre, biodh ro-thogradh agaibh air faidheadoireachd a dheanamh, agus na bacaibh labhairt le teangaibh.

40 Deanar na h uile nithe gu deadh-mhaiſeach, agus a reir òrduigh.

CAIB.

* mi-rùn. † mhi-chéill. ‡ ſpreagar, cronuichear.

CAIB. XV.

3 O *ais-eirigh Chriosd*, 12 *tha è dearbhadh gu'n eirich sinne, ann aghaidh na muintir sin a 'ta 'g àichsheunadh ais-eirigh na colla:* 21 *Toradh*, 35 *agus dòigh na h ais-eirigh*, 51 *agus caochla' na muintir sin a gheibhear beo, air an là dheireannach.*

TUILLEADH eile, a bhràithre, cuiream ann céill duibhse an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh sibhse mar an ceudna, agus ann am bheil sibh 'n ar seasamh;

2 Trìd mar an ceudna am bheil sibh air bhur sàbhaladh, ma *ghleidheas sibh air chuimhne an ni a shearmonaich mi dhuibh, mur do chreid sibh gu diomhaoin.

3 Oir thug mi dhuibh air tùs an ni s huair mi mar an ceudna, Gu 'n d' s huair Criosd bàs air son ar peacaidh do reir nan sgriobtuire:

4 Agus gu 'n d' adhlaiceadh è, agus gu 'n d' eirich è a-rìs air an treas là do reir nan sgriobtuire:

5 Agus gu facas è le Cephas, 'n a dhiaigh sin leis an dà-fhear-dheug.

6 'N a dhiaigh sin, chunncas è le tuilleadh agus cuig ceud bràithre ann aon uair: d'am bheil a' chuid a's mò beo gus a noise, ach ata cuid *dhiubh 'n an* codal.

7 'N a dhiaigh sin, chunncas è le Seumas: agus a-rìs leis na h abstolaibh uile.

8 'N an diaigh uile chunncas leamsa è mar an ceudna, mar neach a rugadh ann an-àm.

9 Oir is mi is lugha do na h abstolaibh, neach nach fiu abstol a ghairm dhiom, do bhri' gu'n raibh mi a' geur-leanmhuin eaglais De.

10 Ach tre ghràs De is mi an ni a's mi: agus cha raibh a ghràs, a †*thiodhlaiceadh* dhamh, gun bhri'; ach shaothaich mi ni 's pailte na iad uile; gidheadh cha mhise, ach gràs De a bha maille rium.

11 Uime sin cia *b'è dhinn*, mise no iadsan, is ann mar sin ata sinne a' searmonachadh, agus is ann mar sin a chreid sibhse.

12 'Noise ma shearmonaichear Criosd gu'n d' eirich è o na marbhaibh, cionnas a deir cuid 'n ar measgsa, Nach 'eil ais-eirigh nam marbh ann?

13 Ach mar 'eil ais-eirigh nam marbh ann, ni mò a dh' eirich Criosd.

14 Agus mur d' eirich Criosd, gu deimhin *is* diomhaoineach ar searmoin-ne, agus *is* diomhaoin bhur creidimh-se mar an ceudna.

15 Seadh, s huaradh sinne 'n ar sia'naisibh bréige air Dia; do bhri' gu'n d' rinn sinn sia'nais a thaobh Dhe, gur thog è suas Criosd: neach nach do thog è suas, mur eirich na mairbh.

16 Oir mur eirich na mairbh, ni mò a dh' eirich Criosd:

17 Agus mur d' eirich Criosd, *tha* bhur creidimh-se diomhaoin; ata sibh fòs ann bhur peacaibh.

18 Mar sin fòs ata an droing a choidil ann Criosd, caillte.

19 Ma's ann sa bheatha so amhàin ata dòchas againn ann Criosd, is sinn a's truaighe do na h uile dhaoinibh.

20 Ach a noise 'ta Criosd air eirigh o na marbhaibh, *agus* rinneadh an ceud thoradh dhiubhsan a choidil deth.

21 Oir mar is ann tre dhuine *thainig* am bàs, is ann tre dhuine *thig* ais-eirigh nam marbh mar an ceudna.

22 Oir mar ann Adhamh ata gach uile ag faghail a' bhais, is amhuil sin mar an ceudna a nithear gach uile beo ann Criosd.

23 Ach gach uile dhuine 'n a òr-

* chumas sibh gu daingean.

† a bhuilicheadh orm.

òrdugh fein: Crioſd an ceud thoradh, 'n a dhiaigh ſin iadſan a's le Crioſd aig a theachd.

24 Ann ſin *bithidh* a' chrioch dheireannach, 'n uair a bheir è ſuas an rioghachd do Dhia, eadhon an t Athair; 'n uair a chuireas è ſios gach uile uachdaranachd, agus gach uile ùghdarras, agus cumhachd.

25 Oir is eigin gu'n rioghaich sè, gus an cuir è a naimhde uile fuidh choſaibh.

26 Is è an nàmhad deireannach a ſgrioſar, am bàs.

27 Oir chuir è na h uile nithe fuidh choſaibh. Ach 'n uair a deir è gur chuir sè na h uile nithe fuidh, *is* ni follaſach gu bheil eiſean a chuir gach uile nithe fuidh, ann leith 'muigh *dheth ſo*.

28 Agus 'n uair a chuir'ear na h uile nithe fuidh, ann ſin bithidh am Mac fein fuidh 'n ti a chuir na h uile nithe fuidh-ſin, chum gu 'm bi Dia 'n a uile ann s gach uile.

29 No ciod a ni iadſan, a bhaiſtear air ſon nam marbh, mur eirich na mairbh air aon dòigh? c'ar ſon ma ſeadh a bhaiſtear iad air ſon nam marbh?

30 Agus c'ar ſon ata ſinne ann gàbhadh s gach uair?

31 Air bhur gàirdeachas-ſa a 'ta agam ann ſoſa Crioſd ar Tighearna, 'ta mi faghail a' bhàis gach là.

32 Ma * chog mi † mar dhuine re fiadh-bheiſtibh ann Epheſus, ciod i mo thairbhe, mur eirich na mairbh? itheamaid agus òlamaid, oir am màrach gheibh ſinn bàs.

33 Na meallar ſibh: truaillidh droch chomhradh deadh bheuſa.

34 Dùiſgibh chum ſ ìreantachd, agus na deanaibh peacadh; oir ni 'm bheil eòlas De aig cuid: chum bhur nàire labhram ſo.

* chathuich. † reir gnàth' dhaoine.

35 Ach a deir neach eigin, Cionnas a dh' eir'eas na mairbh? agus ciod a' ghnè cuirp leis an d' thig iad?

36 Amadain, an ni ſin a chuireas tu, cha bheothaichear è, mur bàſaich sè *air tùs*.

37 Agus an ni a chuireas tu, cha 'n è an corp a bhitheas a 'ta thu cur, ach gràinne lòm, feudaidh bith do chrui'neachd, no do *ſheòrtaibh* eigin eile.

38 Ach ata Dia a' toirt cuirp dha mar bu toil leis, agus do gach uile ſhiol a chorp fein.

39 Cha 'n aon fheoil gach uile fheoil: ach *ata* feoil air leith aig daoinibh, agus feoil eil' aig ainmhidhibh, *feoil* eil' aig iaſgaibh, *agus feoil* eil' aig èunlaithibh.

40 *Agus ata* cuirp neamhaidh ann, agus cuirp thalmhaidh: gidheadh *ata* glòir air leith aig na *corpaibh* neamhaidh, agus *gloir* eil' aig na *corpaibh* talmhaidh.

41 'Ta aon ghlòir aig a' ghréin, agus glòir eil' aig a' ghealaich, agus glòir eil' aig na reultaibh; oir ata eidir-dhealachadh eidear reult agus reult thaobh glòire.

42 Is ann mar ſin fòs a *bhios* ais-eirigh nam marbh, Cuir'ear ann truaill'eachd è, tog'ar ann neo-thruaill'eachd è:

43 Cuir'ear è ann eas-onoir, tog'ar ann glòir è: cuir'ear ann anmhuinneachd è, eir'idh sè ann cumhachd:

44 Cuir'ear è 'n a chorp nàdurra, eir'idh sè 'n a chorp ſpioradail. 'Ta corp nàdurra ann, agus corp ſpioradail.

45 Agus mar ſo a 'ta è ſgriobhta, Rinneadh an ceud duine Adhamh 'n a anam beo, an t Adhamh deireannach 'n a Spiorad a bheothaicheas.

46 Gidheadh cha 'n è an ni ſpioradail a *bha* ann air tùs, ach an

an ni nàdurra; agus 'na dhiaigh sin an ni spioradail.

47 An ceud duine o'n talamh, talmhaidh : an dara duine an Tighearna o neamh.

48 Mar an *duine* talmhaidh, is amhuil sin fòs iadsan *a 'ta* talmhaidh: agus mar ata *an duine* neamhaidh, is ann mar sin iadsan *a 'ta* neamhaidh.

49 Agus mar a ghiùlain sinn iomhaigh an *duine* thalmhaidh, giùlainidh sinn fòs iomhaigh an *duine* neamhaidh.

50 'Noise so a deiream, a bhràithre, nach feudar le feoil agus fuil rioghachd Dhe a shealbhachadh mar oighreachd; ni mò a shealbhaicheas truaill'eachd neo-thruaill-'eachd.

51 Feuch, labhram ni diomhair ribh; Cha choidil sinn uil', ach caochlaidhear sinn uile,

52 Am mionaid, am prioba' na sùl, re *guth na* trompaide deireannaich, (oir goiridh an trompaid) agus eir'idh na mairbh neo-thruaillidh, agus caochlaidhear sinne.

53 Oir is eigin do'n *ni* thruaillidh so neo-thruaill'eachd a chur uime, agus do'n *ni* bhàsmhor so neo-bhasmhorachd a chur uime.

54 Agus 'nuair a chuireas an *ni* truaillidh so neo-thruaill'eachd uime, agus a chuireas an *ni* bàsmhor so neo-bhasmhorachd uime, ann sin coi'-lionar am focal a 'ta sgriobhta, Shluigeadh suas am bàs le buaidh.

55 O bhàis, c' àit' *am bheil* do ghath? O uaigh, c'àit' *am bheil* do bhuaidh?

56 *Is* è am peacadh gath a' bhàis; agus *is* è neart a' pheacaidh an lagh.

57 Ach buidheachas do Dhia, a 'ta toirt dhuinne na buadha, trìd ar Tighearna Iosa Criosd.

58 Uime sin, mo bhràithre gràdhach, bithibhse daingean, * neochorach, a sìr-mhèudachadh ann obair an Tighearna, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil bhur saothair diomhaoineach ann san Tighearna.

CAIB. XVI.

1 *'Ta è guidheadh orra fuasgladh air uireasbhuidh nam bràithre bochda ann Ierusalem;* 10 *A' moladh Thimoteus;* 13 *agus ann diaigh comhairlean càirdeil,* 16 *a' criochnachadh na litreach le iomadh fàilte.*

'NOISE thaobh an tionail air son nan naomh, mar a dh'òrduich mi do eaglaisibh na Galatia, mar sin deanaibhse mar an ceudna.

2 Air a' cheud *là* do'n t seachduin, taisgeadh gach neach agaibh làimh ris ann stòr, a reir mar a shoirbhich leis, chum nach bi tionail r'an *deanamh* 'n uair a thig mise.

3 Agus 'nuair a thig mi, cia b' iad dream a mholas sibh le *'r* litrichibh, cuiridh mi iadsan a ghiùlan bhur tabhartuis gu Hierusalem.

4 Agus ma 's iomchu'idh mise a dhol fòs, theid iadsan a' m' chuideachd.

5 'Noise thig mi d'ar n ionnsuidhse, 'nuair a theid mi tre Mhacedonia: (oir ata mi dol tre Mhacedonia)

6 Agus feudaidh è bith gu 'm fan mi, no fòs gu'n caith mi an geamhra' maille ribh, chum 's gu'n toir sibh air m' aghaidh mi, cia b'è àite gus an d' theid mi.

7 Oir cha mhiann leam bhur faicsin a noise san dol seachad, ach tha dùil agam fantuin rè tamuill maille ribh, ma leigeas an Tighearna dhamh.

8 Ach fanaidh mi ann Ephesus gu Cuingeis.

9 Oir

* neo-ghluasadach.

9 Oir dh' fhoſgladh dorus mòr agus eifeachdach dhamh-ſa, agus *ata* mòran * eas-cairde ann.

10. 'Noiſe ma thig Timoteus, fèuchaibh, gu 'm bi è gun eagal maille ribh: oir ata sè a' ſaoithreachadh ann an obair an Tighearna, amhuil mar ata miſe.

11 Uime fin na deanadh neach ſam bith tàir air: ach thugaibh air aghaidh è ann ſiothchaint, chum's gu'n tig è a' m' ionnſuidhſe: oir tha sùil agam ris maille ris na bràithribh.

12 Mu thimchioll *ar* bràthar Apollos, ghuidh mi gu dùrachdach air teachd d' ar n ionnſuidhſe maille ris na bràithribh: ach cha b'i a thoil air chor ſam bith teachd ſan àm ſo; ach thig è 'n uair a gheibh è àm iomchu'idh.

13 Deanaibh faire, ſeaſaibh gu daingean ſa chreidimh, bithibh † fearail, bithibh làidir.

14 Biodh bhur n uile nithe air an deanamh le gràdh.

15 Agus guidheam oirbh, a bhràithre, (is aithne dhuibh teaghlach Stephanais, gur h iad ceud thoradh na h Achaia, agus gu 'n d' thug ſiad iad fein chum frithealaidh do na naomhaibh)

16 Gu 'm bi ſibh umhal d'an leithidibh ſin, agus do gach aon *a 'tæ* deanamh obair agus ſaothair maille ruinne.

17 'Ta mi ſubhach re teachd Stephanais, agus Fhortunatuis, agus Achaicuis: oir rinn iad ſuas an ni ſin a bha dh' uireaſbhuidh d'ar taobh-ſa.

18 Oir thug iad ‡ fuaimhneas do m' ſpiorad-ſa, agus d'ar *ſpiorad-ſa:* uime ſin § biodh meas agaibh air an leithidibh ſin.

19 'Ta eaglaiſe na h Aſia ag cur fàilt' oirbh. 'Ta Acuila agus Priſcilla, maille ris an eaglais a 'ta 'n an tigh, ag cur mòr-fhàilt' oirbh ann ſan Tighearna.

20 'Ta na bràithre uile ag cur fàilt' oirbh. Cuiribhſe fàilt' air a chéile le pòig naomha.

21 Fàilte uamſa Pòl le m' làimh fein.

22 Ma 'ta neach ſam bith nach gràdhaich an Tighearna Ioſa Crioſd, biodh è 'n a Anatema, Maranata.

23 *Gu raibh* gràſa an Tighearna Ioſa Crioſd maille ribh.

24 Mo ghràdh-ſa maille ribh uile ann Ioſa Crioſd. Amen.

Dara litir an Abstoil PHOIL chum nan CORINTIANACH.

CAIB. I.

3 *'Ta an t abſtol a' toirt miſnich dhoibh ann aghaidh thriobloide thaobh a cho'-fhurtachd agus an fhuaſglaidh a thug Dia dhaſan 'n a uile thriobloidibh fein,* 8 *gu ſonraichte 'n a chuntart ſan Aſia:* 12 *agus a' gairm an coguis-ſin, agus a chaguis fein chum fia'nais gu 'n do ſhearmonaich è an joiſgeul gu tre'dhireach,* 15 *agus ag innſeadh nach b'è iom-luaineachd inntin, ach a bhàigh riu-ſan a b' àdhbhar nach d' thainig è d'an ionnſuidh.*

* luchd cur-ann aghaidh *an t ſoiſgeil.*

† O o POL

† duineil, ‡ fois. § aithnichibh an leithide ſin.

POL abstol Iosa Crioſd tre thoil De, agus Timoteus *ar* bràthair, chum eaglais De a 'ta ann Corintus, mailleris na h uile naoimh a 'ta ann Achaia uile:

2 Gràs dhuibhſe, agus ſiothchaint o Dhia ar n Athair, agus *o'n* Tighearna Iosa Crioſd.

3 Beannuichte *gu raibh* Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crioſd, Athair nan trocaire, agus Dia nan uile cho'-fhurtachd;

4 A 'ta toirt co'-fhurtachd dhuinne 'n ar n uile thriobloid, chum ſinne bhi comaſach air co'-fhurtachd a thoirt dhoibhſin a 'ta ann triobloid ſam bith, trid a' cho'-fhurtachd leis am bheil ſinn fein a' faghail co'-fhurtachd o Dhia.

5 Oir mar ata * ſulangais Chrioſd pailt' annainne, is amhuil ſin ata ar co'-fhurtachd-ne mar an ceudna pailt' tre Chrioſd

6 Agus ma 'ta ſinn fuidh thriobloid, *is ann* air ſon bhur co'-fhurtachd agus bhur ſlainte-ſe, a 'ta air a h oibreachadh le ſibh a dh' fhulang nan triobloide ceudna, a 'ta ſinne a' fulang: no ma 's co'-fhurtachd dhuinn, *is ann* chum bhur co'-fhurtachd-ſa agus bhur ſlainte *'ta ſinne a' faghail co'-fhurtachd.*

7 Agus *ata* ar dòchas daingean d'ar taobh ſa, do bhri' gu bheil fios againn, mar ata ſibh 'n ar luchd co'-pairt do na fulangaſaibh, gu *'m bi ſibh* mar an ceudna do'n cho'-fhurtachd.

8 Oir cha b' àill leinn, a bhràithre, ſibhſe bhi ain-fhiosrach mu thimchioll na triobloid a thachair dhuinne ſan Aſia, gur bhruthadh ſinn gu ro-mhòr thar ar neart, ionnas gu raibh ſinn fuidh amharus fòs mu 'r beatha:

9 Ach bha againn breith ar bàis annainn fein, chum nach biodh againn dòigh annainn ſein, ach ann Dia a dhùiſgeas na mairbh.

10 Neach a ſhaor ſinne o bhàs co'-mòr, agus ata 'g ar ſaoradh; ann s a' bheil ar dòchas gu 'n ſaor è *ſinn* fòs:

11 Air dhuibhſe bhi ag co'-oibreachadh le chéile ann ùrnuigh air ar ſoin-ne, chum gu tugar buidheachas le mòran air ar ſoin-ne, a leith an tiodhlaic' † *a thiubhradh* dhuinne, tre mhòran.

12 Oir is è ſo ar gàirdeachas-ne, fia'nais ar coguis, gur ann ſiompluidheachd agus ann tre'dhireas diadhaidh, agus ni h ann ann gliocas feòlmhor, ach ann gràs De, a chaith ſinn ar beatha ſan t ſaoghal, agus gu ro-mhòr d'ar taobh-ſa.

13 Oir ni 'n ſgriobhamaid nithe ſam bith eile d' ar ionnſuidhſe, ach na nithe a 'ta ſibh a' leughadh, no ‡ air am bheil dearbh chinnte agaibh, agus ata dùil agam || gu'm bi ſibh dearbh-chinnteach aſda gus a' chrìch.

14 Amhuil mar a dh' aid'ich ſibh ann càil, gur ſinne bhur gairdeachas, mar *is* ſibhſe ar *gàirdeachas*-ne fòs ann là an Tighearna Iosa.

15 Agus ann ſa mhuinghin ſo b'àill leamſa teachd d'ar ionnſuidh roimhe ſo, ionnas gu fuigheadh ſibhſe § gràs dùbailte:

16 Agus dol ** ſeachad oirbhſe gu Macedonia, agus teachd o Mhacedonia a-rìs d'ar n ionnſuidhſe, agus bhi air mo thoirt air m' aghaidh libhſe ſan t ſlighe gu tìr Iuda.

17 Uime ſin 'n uair a chuir mi ſo romham, an do ghnàthaich mi eatruimeachd? no an ann do reir na feòla ata mi cur romham na' nithe a chuiream romham, ionnas gu 'm biodh agam ſeadh, ſeadh, agus ni h eadh, ni h eadh?

18 Ach *mar ata* Dia fior, cha b'è ar

* pàis. † thugadh.
mhicheas ſibh gus a' chrich. § ath-ghràs.
‡ a'ta ſibh ag aidmheachadh. || a dh' aid-
** bhur ròdſa.

ar comhradh ribhſe ſeadh, agus ni h eadh.

19 Oir Mac Dhe Ioſa Crioſd, a ſhearmonuicheadh 'nar meaſg-ſa leinne, *eadhon* leamſa, agus *le* Siluanus, agus *le* Timoteus, cha raibh è 'na ſheadh agus 'na ni h eadh, ach ann-ſan bha ſeadh.

20 Oir geallanna Dhe uile ann-ſan *is* ſeadh iad, agus ann-ſan *is* amen iad, chum glòir' Dhe d'ar taobh-ne.

21 'Noiſe an ti a dhaingnicheas ſinne maille ribhſe ann Crioſd, agus a dh' ung ſinn, *is* è Dia:

22 Neach fòs a chuir ſeula oirnne, agus a thug dhuinn * geall-daingnich an Spioraid ann ar croidhibh.

23 Tuilleadh eile, goiream Dia mar fhia'nais air m' anam, gur ann chum ſibhſe a chaomhnadh nach d'thainig mi fòs gu Corintus.

24 Ni h è gu bheil † ſinne a' tighearnachadh air bhur creidimh-ſe, ach is luchd congnaimh ſinn d'ar n aoibhneas: oir is ann tre chreidimh a ſheaſas ſibh.

C A I B. II.

1 *Air dha an reuſon a chur ann céill air ſon nach d' thainig è d'an ionnſuidh,* 6 *'ta è 'g iarraidh orra maithea'nas agus co'-fhurtachd thoirt do'n duin' a dhruideadh amach leo as an eaglais,* 10 *eadhon mar a thug è ſein mar an ceudna maitheanas da, air ſon fhior aithreachais:* 12 *ata è cur ann céill fòs c'ar ſon a chuaidh è o Throas gu Macedonia,* 14 *agus mar a ſhoirbhich Dia gu pailt' leis a ſhearmonachadh ſna h uile ionadaibh.*

ACH chuir mi ſo romham annam ſein, gun teachd a-rìs fuidh dhoilgheas d'ar n ionnſuidhſe.

2 Oir ma ni miſe doilich ſibh, co è ma 'ta ni ſubhach mi, ach an ti air an do chuireadh doilgheas leam?

3 Agus ſgriobh mi an ni ſo fein d'ar n ionnſuidh, chum air dhamh teachd, nach cuirte doilgheas orm leis a' mhuintir ſin o 'm bu chòir dhamh aoibhneas fhaotain, air dhamh bhi muinghineach aſaibh uile, gur è m' aoibhneas bhur *n aoibhneas* uile.

4 Oir a triobloid mhòir agus doilgheas croidhe, ſgriobh mi d'ar n ionnſuidh le iomadh deur; ni h ann chum gu 'm biodh doilgheas oirbh, ach chum gu'm biodh fios agaibh air a' ghràdh a 'ta agam gu ro-phailte dhuibh.

5 Ach ma thug neach ſam bith àdhbhar doilgheis, cha do chuir è doilgheas ormſa, ach ann càil: chum nach cuirinn ro-uallach oirbh uile.

6 *Is* leòir d'a leithid ſin do dhuine am peanas ſo, a *leagadh* air le mòran.

7 Ionnas air an làimh eile, gur mò *is còir* dhuibh maitheanas agus co'-fhurtachd a thoirt *da*, d' eagal gu'n tarladh gu'm biodh a leithid ſo do dhuine air a ſhlugadh ſuas le an-barra doilgheis.

8 Uime ſin guidheam oirbh, gu'n daingnicheadh ſibh *bhur* gràdh dha.

9 Oir is ann chum na crìche ſo fòs a ſgriobh mi *d'ar n ionnſuidh*, chum gu 'm biodh fios bhur dearbhaidh agam, am bheil ſibh umhal ann ſna h uile nithibh.

10 Ge b'è neach d'an toir ſibh maitheanas ann ni ſam bith, bheireamſa mar an ceudna: oir ma thug miſe maitheanas ann ni ſam bith, ge b'è d' an d' thug mi *am maitheanas*, is ann air bhur ſon-ſa *thug mi è*, am ‡ fia'nais Chrioſd;

11 D' eagal gu ſuigheadh Satan an co'-throm oirn' leis a § ſheòltachd: oir cha 'n 'eil ſinn ain-eolach air ‖ innleachdaibh.

12 Tuilleadh eile, 'n uair a thainig

* airleas. † againn tighearnas, ‡ peatſa, §chuil-bheartachd. ‖ a ſhligheachaibh.

nig mi gu Troas chum soisgeul Chriosd *a shearmonachadh*, agus a dh' fhosgladh dorus dhamh leis an Tighearna,

13 Cha 'raibh sois agam ann mo spiorad, do bhri' nach d' fhuair mi Titus mo bhràthair: ach air gabhail mo chead diubh, dh' imich mi o sin do Mhacedonia.

14 Noise buidheachas do Dhia, a 'ta ghnà' a' toirt oirnne buadhachadh ann Criosd, agus a 'ta foillseachadh *deadh* àile eòlais sein leinne ann s gach àite.

15 Oir ata sinne do Dhia 'n ar n àile cùbhruidh Chriosd, ann san droing a shlànuichear, agus ann san droing a * sgriosar.

16 Do 'n aon droing *ata sinn* 'n ar boltrach bàis chum bàis; agus do'n droing eile, 'n ar boltrach beatha chum beatha: agus co *ata* foghainteach chum nan nithe so?

17 Oir cha 'n 'eil sinne mar mhòran, a thruailleas focal De: ach mar o threibh-dhireas, ach mar o Dhia, labhramaid am fia'nais De ann Criosd.

CAIB. III.

1 *D' eagal gu'n cuireadh luchd teagaisg brèige as a leith gu raibh è deanamh uaill gu diomhaoineach, tha è a' nochdadh gu raibh gràsa nan Corintianach 'nan àdhbhar molaidh d'a mhinistreileachd.* 6 *Air so ata sè a' coi'-shìneadh ministeiridh an lagha, agus an t soisgeil r'a chéile,* 12 *agus leis so a' dearbhadh gu raibh a mhinistreileachd-san ni bu ro-oirdheirce, 'm seadh gu bheil soisgeul na beatha agus na saorsa ni 's ro-ghlòrmhoire na lagh an damnuidh.*

AN tòsaich sinn a-rìs air sinn fein a mholadh? no am bheil feum againn, mar aig dream àraidh, air litrichibh molaidh d' ar n ionnsuidhse, no air *litrichibh* molaidh uaibh?

2 Is sibhse ar litir-ne a 'ta sgriobh-

* chaillear. † shamhail. ‡ do dhòcha-

ta 'n ar croidhibh, air a h aithneachadh agus air a leughadh leis gach uile dhaoinibh:

3 *Air bhi dha* follasach gur sibh litir Chriosd, a fhrithealadh leinne, a 'ta air a sgriobhadh ni h ann le dubh, ach le Spiorad an De bheo; agus ni h ann air clàraibh cloiche, ach air clàraibh feòlmhor a' chroidhe.

4 Agus ata a † leithid so ‡ dh'earbsa againne tre Chriosd thaobh Dhe.

5 Ni h è gu bheil sinn foghainteach uainn fein chum ni sam bith a smuainteachadh mar uainn fein: ach is ann o Dhia *ata* ar foghainteachd.

6 Neach a rinn sinne mar an ceudna 'n ar ministeiribh foghainteach na tiomna-nuaidh, ni h ann do 'n litir, ach do 'n Spiorad: oir marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha.

7 Ach ma bha ministreileachd a' bhàis, ann sgriobhadh air a ghrèbhaladh air clochaibh, glòr-mhor, ionnas nach b' urradh clann Israeil amharc gu geur air gnùis Mhaois, air son glòir a ghnùise, a chuirear air cùl;

8 Cionnas nach mò na sin a bhios ministreileachd an Spioraid glòrmhor?

9 Oir ma *bha* ministreileachd an dìteidh glòrmhor, is ro-mhò na sin a bheir ministreileachd na fireantachd barr ann glòir.

10 Oir cadhon an ni ud a rinneadh glòrmhor, cha raibh glòir sam bith aige sa chàs so, thaobh na glòire a 'ta toirt barrachd.

11 Oir ma *bha* an ni a chuirear air cùl glòrmhor, is ro-mhò na sin *ata* an ni ud a bhuanaicheas glòrmhor.

12 Uime sin do bhri' gu bheil againn a shamhail so do dhòchas, 'ta sinn a cleachdadh mòr § shoilleireachd cainnte.

13 Agus

§ chàrachd.

13 Agus ni *bheil finn* mar Mhaois, *a* chuir folach air aghaidh, chum nach fèuchadh clann Iſraeil gu geur gu crìch an ni ud a chuirear air cùl.

14 Ach dhalladh an inntin : oir gus an là an diugh ann leughadh na ſean-tiomnaidh, ata 'm folach ceudna a' fantuin gun atharrachadh, ni a chuirear air cùl ann Crioſd.

15 Ach fòs gus an diugh, 'n uair a leughar Maois, 'ta am folach air an croidhe.

16 Gidheadh 'n uair a philleas è chum an Tighearna, togar am folach dheth.

17 'Noiſe 's è an Tighearna an Spiorad ſin : agus far am *bheil* Spiorad an Tighearna, *'ta* faorſa ann ſin.

18 Ach air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag * amharc mar ann an ſgàthan air glòir an Tighearna, 'ta ſinn air ar n atharrachadh chum na h iomhaigh † ſin fein, o ghlòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna.

CAIB. IV.

1 *'Ta è eur ann céill gur ſhearmonaich è an ſoiſgeul le dìchioll agus ann tre'dhireas; 7 agus cionnas a dh' oibrich na triobloide agus an geur-leanmhuin a' dh' fhuiling è air a ſhon, chum cliu cumhachd Dhe,* 12 *chum maith na h eaglais,* 16 *agus chum glòir' ſhiorruidh nan abſtol fein.*

UIME ſin air do'n mhiniſtreileachd ſo bhi againn, do reir mar a fhuair ſinn tròcair, cha 'n 'eil ſinn a' fannachadh :

2 Ach chuir ſinn cùl re nithibh folaichte na h eas-onoir, gun ſinn bhi a' ſiubhal ann ceilg, no a' truailleadh focal De, ach le foillſeachadh na firinn, 'g ar moladh fein do choguis nan uile dhaoine ann ſealladh Dhe.

3 Ach ma 'ta ar ſoiſgeul-ne folaichte, is ann doibhſin 'ta caillte ata sè folaichte :

4 Ann san do dhall dia an t ſaoghail ſo inntin na droinge nach 'eil a' creidſin, d' engal gu'n dealraicheadh orra ſolus ſoiſgeil ghlòrmhoir Chrioſd, neach a's è iomhaigh Dhe,

5 Oir cha 'n 'eil ſinne 'g ar ſearmonachadh fein, ach Iofa Crioſd an Tighearna ; agus ſinn fein 'n ar ſeirbhiſich dhuibhſe air ſon Iofa.

6 Oir *is è* Dia a dubhairt ris an t ſolus ſoillſeachadh a dorchadas, a dhealraich ann ar croidhibh-ne, *thoirt* ſolus eòlais glòire Dhe, ann gnùis Iofa Crioſd.

7 Ach ata an t ionmhas ſo againn ann ſoithichibh criadha, chum gu 'm bi òirdheirceas a' chumhachd o Dhia, agus ni h ann uainne.

8 *'Ta ſinn* fuidh thriobloid air gach taobh, gidheadh ni *bheil* ſinn ann ‡ teanndachd ; *ata ſinn* ann iom-cheiſd, gidheadh ni bheil ſinn § ann an ea-dòchas ;

9 Air ar geur-leanmhuin, gidheadh gun *ſinn* air ar tréigſin ; air ar tilgeadh ſios, gidheadh gun *ſinn* air ar ſgrios ;

10 A' giùlan do ghnà' bàſachadh an Tighearna Iofa mu 'n cuairt, ann ſa chorp, chum gu'm biodh beatha Iofa mar an ceudna air a deanamh follaſach ann ar corp-ne

11 Oir tha ſinne a 'ta beo, a ghnà' air ar toirt chum bàis air ſon Iofa, chum gu'm biodh mar an ceudna beatha Iofa air a deanamh follaſach 'n ar feòil bhàſmhor-ne.

12 Uime ſin a 'ta bàs ag oibreachadh annainne, ach beatha annaibhſe.

13 Air dhuinn an ſpiorad creidimh ſin fein a bhi againn, reir mar ata è ſgriobhta, Chreid mi, agus uime ſin labhair mi : ata ſinne ag creidſin mar an ceudna, agus uime ſin labhramaid ;

14 Air

* dearcadh. † ceudna. ‡ cumhangachd. § gun chongnamh,

14 Air dhuinn fios a bhi againn an ti a thog fuas an Tighearna Iosa, gu'n tog è finne fuas fòs tre Iosa, agus gu 'n cuir è 'na làthair *finn* maille ribhse.

15 Oir *ata* na h uile nithe air bhur son-sa, chum gu'm biodh an gràs a 'ta lionmhor, tre bhuidheachas mhòrain, ro-phailt' chum glòir' Dhe.

16 Uime sin cha 'n 'eil finn a' fannachadh, ach ge do thruaillear ar duine o'n leith 'muigh, gidheadh ata an duine o'n leith stigh air a nuadhachadh o là gu là.

17 Oir ata ar triobloid eat-rom, nach 'eil ach rè mionaid, ag oibreachadh dhuinne trom-uallach glòire *a 'ta* ni 's ro-anbharraich *agus* fior-mhaireannach;

18 Air dhuinn bhi ag amharc ni h ann air na nithibh a 'ta r'am faicsin, ach air na nithibh nach 'eil r'am faicsin: oir *ata* na nithe a chithear, aimsireil; ach *ata* na nithe nach faicear, siorruidh.

CAIB. V.

1 *Gu bheil eisean ann dòchas glòire shiorruidh, agus le sùil ria, agus ris a' bhreith dheireannaich, a' deanamh dìchill air deadh choguis a choimhead;* 12 *ni h ann chum gu'n deanadh è bòsd as fein thaobh so,* 14 *ach mar neach a fhuair beatha o Chriosd, ata sè dìchiollach chum a bheatha a chaitheamh do Chriosd amhàin, mar chreatuir nuadh,* 18 *agus le miniștreileachd na réite a dh'earbadh ris-sin, ata sè deanamh muintir eile réidh re Dia ann Criosd mar an ceudna.*

OIR ata fios againn, nan sgaoilteadh o chéile ar tigh talmhaidh a' phàilliuin *so*, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhaibh, siorruidh ann sna neamhaibh.

2 Oir ata sinn re osnaich ann so, a' miannachadh bhi air ar cluth-eadachadh le ar tigh o neamh:

3 Ma 's è air dhuinn bhi air an eadachadh, nach fuighear lomnochd sinn.

4 Oir tha sinne a 'ta ann sa phàilliun *so* re osnaich, air dhuinn bhi fuidh uallaich: ni h è air son gu 'm bu mhiann leinn bhi air ar rùsgadh, ach air ar cluth-eadachadh, chum gu'm biodh bàsmhorachd air a shlugadh suas le beatha.

5 'Nois' an ti a dh' oibrich sinne chum so fein, *is* è Dia è, neach a thug dhuinne mar an ceudna * geall-daingnich an Spioraid.

6 Uime sin *ata sinn* a ghnà' deadh-mhisneachail, air dhuinn fios a bhi againn am feadh ata sinn aig an tigh sa choluinn, gu bheil sinn air choigrich o'n Tighearna:

7 (Oir ata sinn àg † gluasachd reir creidimh, agus ni h ann reir seallaidh.)

8 'Ta deadh-mhisneach againn, agus bu roghnuiche leinn gu mòr bhi air choigrich as a' choluinn, agus bhi làthair maille ris an Tighearna.

9 Uime sin ata sinn deanamh dìchill, chum co aca bhios sinn a làthair no air choigrich, gu 'm bi sinn taitneach dha-san.

10 Oir is eigin duinn uile bhi air ar nochdadh ann làthair caithir-breitheanais Chriosd; chum's gu fuigh gach neach na nithe *a rinn* è sa choluinn, reir an ni do rinn e, ma's maith no olc è.

11 Uime sin air dhuinn fios a bhi againn air ua'bhas an Tighearna, 'ta sinn a' cur impidh air daoinibh; ach ata sinn follasach do Dhia, agus 'ta dòchas agam fòs, gu bheil sinn air ar deanamh follasach ann bhur coguisibh-se.

12 Oir cha'n 'eil sinn 'g ar moladh fein a-ris dhuibhse, ach ata sinn a'

* airleas. † siubhal.

a' toirt * fàth uaill dhuibh d'ar taobh-ne, chum gu'm bi *freagradh* agaibh dhoibhsin a 'ta deanamh naill ann gnùis, agus ni h ann ann croidhe.

13 Oir ma 'ta sinn a dh' eas-bhuidh céille, *is ann* do Dhia: agus ma 'ta againn deadh chiall, *is ann* duibhse.

14 Oir ata gràdh Chriosd 'g ar co'-éigneachadh, air dhuinn breith-neachadh mar so, ma fhuair a h aon bàs air son nan uile, gu'n raibh gach uile marbh:

15 Agus *gu* 'n d'fhuair sè bàs air son nan uile, chum iadsan a 'ta beo, nach biodh iad as so suas beo dhoibh fein, ach dha-san a dh'fhuiling am bàs air an son, agus a dh' eirich a-ris.

16 Uime sin ni h aithne dhuinne o so suas aon duine a reir na feòla: seadh, ge b' aithne dhuinn Criosd a reir na feòla, gidheadh 'noise as so amach ni h aithne dhuinn è ni 's mò.

17 Uime sin ma *'ta* neach sam bith ann Criosd, *is* creatuir nuadh è: chuaidh na sean nithe thart', feuch, rinneadh na h uile nithe nuadh.

18 Agus is ann o Dhia *ata* na h uile nithe, neach a rinn sinne réidh ris fein tre losa Criosd, agus a thug dhuinn ministreileachd na réite;

19 Eadhon, gu raibh Dia ann an Criosd, a' deanamh an t saoghail réidh ris fein, gun bhi a' meas an cionta dhoibh; agus † thug sè dhuinne focal na réite.

20 Uime sin is teachdoirean sinne air son Chriosd, mar gu'n cuireadh Dia impidh *oirbh* leinne: 'ta sinne 'g a guidheadh *oirbh* ‡ as uchd Chriosd, bithibh réidh re Dia.

21 Oir rinn sè eisean da nach b' aithne peaca', ‖ 'n a pheacadh air ar son-ne; chum gu bitheamaid air ar deanamh 'n ar fìreantachd Dhe ann-san.

CAIB. VI.

1 *Gu 'n do dhearbh sè è fein 'n a mhinisteir fìrinneach do Chriosd, araon le earailibh,* 3 *agus le ionracas a bheatha,* 4 *agus leis gach uile ghnè thriobloid agus mhaslaidh fhulang gu foighidneach air son an t soisgeil:* 10 *umpa so 'ta è labhairt gu dàna riu, chionn gu bheil a chroidhe soisgailte dhoibh:* 13 *agus tha dàil aige ris an aigne cheudna uatha;* 14 *ag earail orra co'-luadar agus salchaireachd luchd iodhol-àdhraidh a sheachnadh, do bhri' gur iad fein teampuill an De bheo.*

UIME sin ata sinn *mar* eho'-oibrichean *risean*, a' guidheadh *oirbh* fòs, gun sibh a ghabhail gràs De ann diomhaoineas:

2 (Oir a deir sè, Ann àm taitneach dh' eisd mi riut, agus ann là slàinte rinn mi congnamh leat: fèuch, 'noise an t àm taitneach; fèuch, 'noise là *na* slàinte)

3 Gun bhi tabhairt àdhbhar oilbheim air bith ann aon ni, chum nach fuigheadh a' mhinistreileachd mi-chliu:

4 Ach ann s gach uile ni 'g ar § moladh fein mar mhinisteiribh Dhe, ann mòr fhoighidin, ann triobloidibh, ann uireasbhuidh, ann amhgharaibh,

5 Ann am builibh, ann am prìosunaibh, ann luasgadh *o àite gu h àite*, ann saothair, am faire, ann trosgaibh,

6 Ann am fior-ghloine, le eòlas, le fad-fhulangas, le caoimhneas, leis an Spiorad naomh', le gràdh gun cheilg,

7 Le briathar na fìrinn, le cumhachd Dhe, le airm na fìreantachd air an làimh dheis agus chli,

8 Tre onoir agus eas-onoir, tre mhi-chliu agus deadh-chliu: mar mheall-

* co'-throm. † dhearb è ruinne. ‡ air son. ‖ 'n a labairt pheacaidh. § dearbhadh.

mhealltoiribh, *gidheadh* fìrinneach;

9 Mar dhroing nach aithnichear, *gidheadh* air am bheil deadh aithne; mar dhroing a 'ta faghail bhàis, *gidheadh* feuch, ata sinn beo; mar dhroing a smachdaichear, agus gun am marbhadh;

10 Mar dhroing a 'ta brònach, gidheadh do ghnà' a' deanamh gàirdeachais; mar *dhaoine* bochda, gidheadh *a 'ta* deanamh mòran saibhir; mar *dhaoine* aig nach 'eil ni sam bith, *gidheadh* a' sealbhachadh nan uile nithe.

11 O a Chorintianacha, 'ta ar beul-ne fosgailte dhuibhse, 'ta ar croidhe air a dheanamh farsuing.

12 Cha 'n 'eil fibh ann cumhangachd annainne, ach ata fibh cumhang ann bhur innibh fein.

13 'Noise mar ath-dhìol san ni sin fein, (labhram mar re*m* chloinn) bithibhse farsuing mar an ceudna.

14 Na cuing-cheanglar gu neo-cho'thromach fibh maille re mi-chreidmhich: oir creud è caidreabh na fìrinteachd re neo-fhìreantachd? agus creud è comunn an t soluis ris an dorchadas?

15 Agus ciod an réite a 'ta aig Criosd re Belial? no ciod è cuid a' chreidmhich maille re an-creidmheach?

16 Agus creud a' choi'-réite a 'ta aig teampull De re h iodholaibh? oir is fibhse teampull an De bheo; reir mar a dubhairt Dia, Gabhaidh mi comhnuidh annta, agus gluaisidh mi 'n am measg; agus bithidh mise a'm' Dhia aca, agus bithidh iadsan 'n am pobull damh-sa.

17 Uime sin thigibh amach as am meadhon, agus dealaichibh *riu*, deir an Tighearna, agus na beanaibh ris an ni neo-ghlan; agus gabhaidh mise a'm' ionnsuidh sibh,

18 Agus bithidh mi a'm' Athair dhuibh, agus bithidh sibhse 'n ar mic agus 'n ar ingheana dhamh-sa, deir an Tighearna uile-chumhachdach.

CAIB. VII.

1 *'Ta è 'g an earalachadh chum gloine beatha,* 2 *agus chum an inntin bhi aca dha-san a 'ta aige dhoibh;* 3 *d'eagal gu faoilte gu'n raibh è cur so ann amharus, tha è cur ann céill doibh mèud a' cho'-fhurtachd a fhuair è 'na thriobloidibh, o'n sgeul a thug Titus dha air a' bhròn diadhaidh, a rinn an litir a chuir è d'an ionnsuidh roimhe oibreachadh annta,* 13 *agus air an caoimhneas agus an umhlachd do Thitus, a bha a' coi'-fhreagairt do'n bhòsd a rinn è roimhe mu 'n timchioll.*

UIME sin, a mhuintir mo ghràidh, air dhuinn na geallanna so bhi againn, glanamaid sinn fein o gach uile fhalchar feòla agus spioraid, a' coi'-lionadh naomhachd ann an eagal De.

2 Gabhaibh ruinne: cha d' rinn sinn eu-coir air aon duine, cha do thruaillinn aon duine, cha do mheall sinn aon duine.

3 Ni h ann chum bhur dìteidh a labhram so: oir a dubhairt mi roimhe, gu bheil sibh ann ar croidhibhne chum bàsachadh maille *ribh*, agus bhi beo maille *ribh*.

4 *Is* mòr mo dhànachd cainnte d'ar taobh-sa, *is* mòr m' uaill as bhur leith: lionadh le co'-fhurtachd mi, 'ta mi thar tomhas subhach ann ar n uile thriobloid-ne.

5 Oir 'n uair a thainig sinn gu Macedonia, cha d'fhuair ar feoil fois sam bith, ach bha sinn fuidh thriobloid air gach taobh; ann leith am muigh *'bha* * comhraga, ann leith stigh *bha* eagla:

6 Ach, an Dia a bheir co'-fhurtachd dhoibhsin a 'ta air an leagadh fios, thug sè co'-fhurtachd dhuinne le teachd Thituis:

7 Agus ni h è leis a theachd-san amhàin, ach leis a' cho'-fhurtachd a fhuair eisean uaibhse, 'n uair a chuir è ann céill duinn bhur dian-thograidh,

* cogaidh.

gradh, bhur bròn, bhur teasghràdh dhamh-sa; ionnas gur mòid a rinn mi gàirdeachas.

8 Oir ge do chuir mi doilgheas oirbh le litir, cha 'n 'eil aithreachas orm, ge do bha aithreachas orm: oir chitheam gur chuir an litir sin doilgheas oirbh, ge nach *do rinn i so* ach rè tamuill.

9 'Noise 'ta gàirdeachas orm, ni h ann air son sibh bhi doilich, ach gu raibh sibh doilich chum aithreachais: oir bha doilgheas oirbh air mhodh diadhuidh, chum nach tigeadh call oirbh ann aon ni d'ar taobh-ne.

10 Oir oibrichidh am bròn diadhaidh aithreachas chum sluinte, do nach ion *duinn* aithreachas a ghabhail: ach oibrichidh doilgheas an t saoghail bàs.

11 Oir feuch, an ni sin fein doilgheas diadhuidh bhi oirbh, creud è mèud an dùrachd a dh' oibrich è annaibh, agus fòs, *creud* an * glanadh oirbh fein, seadh, *creud* an ro-dhiom, seadh, *creud* an t eagal, seadh, *creud* an dian-thogradh, seadh, *creud* an t èud, seadh, *creud* an togra' dioghaltais! ann s gach uile ni dhearbh sibh sibh fein bhi glan sa chùis so.

12 Uime sin ge do sgriobh mi d'ar n ionnsuidh, cha b' ann air a shonsa a rinn an ea-coir, no air a shonsan air an d' rinneadh an ea-coir, ach chum gu foillsichte dhuibh ar cùram-ne m'ar timchiolls' am fia'nais De.

13 Uime sin fhuair sinn co'-fhurtachd air son bhur co'-fhurtachd-sa: seadh, bu ro-mhò a rinn sinn gàirdeachas air son gàirdeachais Thituis. do bhri' gu 'n d' fhuair a spiorad suaimhneas uaibhse uile.

14 Oir ma rinn mi bòsd sam bith risean asaibhse, cha 'n 'eil nàire orm; ach mar a labhair sinn na h uile nithe am fìrinn ribhse, is amhuil sin fòs fhuaradh fìrinneach ar bòsd asaibhse re Titus.

15 Agus ata toil a chroidhe-sin ni 's pailte d'ar taobh-sa, air dha bhi cuimhneachadh bhur n umhlachd uile, mar a ghabh sibh ris le h eagal agus ball-chrith.

16 Uime sin ata gàirdeachas orm gu bheil dànachd agam asaibh ann s gach uile ni.

CAIB VIII.

1 *'Ta è 'g am brosnachadh gu tional feirceil a dheanamh air son nan naomh bochda ann Ierusulem, le eisempleir nam Macedonianach,* 7 *le moladh an dian thograidh a bha aca fein roimhe,* 9 *le eisempleir Chriosd,* 14 *agus leis an tairbhe spioradail a thigeadh dhoibh fein o'n tabhartas sin:* 16 *tha è a' moladh dhoibh ionracais agus deadh thoil Thituis, agus nam bràithre eile, a thainig air iartas-san d'an ionnsuidh, air a' ghnothuch so.*

TUILLEADH eile, a bhràithre, 'ta sinn a' toirt fios duibh air gràs De, a thugadh do eaglaisibh na Macedonia:

2 Eadhon gu 'n raibh, ann am mòr-dhearbhadh triobloid, pailteas an aoibhneis, agus doimhne am bochduin, ro-phailt' chum saibhris an tabhartais.

3 Oir (bheiream fia'nais) *gu raibh* iad uatha fein toileach reir an comais, seadh, thar an comas:

4 A' guidheadh oirnne gu dùrachdach, gu 'n gabhamaid an tiodhlac', agus co'-roinn na ministreileachd do na naomhaibh.

5 Agus *rinn iad so,* ni h ann mar a bha dòchas againne, ach thug iad iad fein air tùs do 'n Tighearna, agus dhuinne reir toil De.

6 Ionnas gur chuir sinn impidh air Titus, reir mar a thòsaich sè roimhe, mar sin gu 'n criochnaidh

* saoradh.

cheadh è fòs annaibhſe an gràs ſin fein mar an ceudna.

7 Uime ſin mar ata ſibh pailt' ann sgach uile ni, ann creidimh, ann ùr-labhradh, agus ann eòlas, agus ann an uile dhichioll, agus ann bhur gràdh dhuinne; bithibh pailt' ann ſa ghràs ſo mar an ceudna.

8 Ni 'n labhram ſo mar àithne, ach thaobh dùrachd dhaoin' eile, agus a dhearbhadh tre'dhireis bhur gràidh.

9 Oir is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Ioſa Criofd, ge do bha è ſaibhir, gidheadh gu 'n d' rinneadh bochd è air bhur ſon-ſa, chum gu 'm biodh ſibhſe ſaibhir trìd a bhochduinn-ſe.

10 Agus ann *ſa chùis* ſo bheiream *mo* chomhairle: oir ata ſo * tarbhach dhuibhſe, a thòſaich roimhe, cha 'n è 'mhàin a dheanamh, ach a bhi togarrach o cheann bliadhna.

11 'Noiſe air an àdhbhar ſin coi'-lionaibh an deanamh; ionnas mar a *bha ſibh* ullamh chum na toile, mar ſin gu '*m bi ſibh* ullamh chum coi'-lionaidh as na bheil agaibh.

12 Oir ma bhios air tùs inntin thoileach, gabhar ris a reir mar *ata* aig neach, *agus* ni h ann a reir na' nithe nach 'eil aige.

13 Ni h ann chum gu 'm biodh ſocair aig daoin' eile, agus triobloid agaibhſe.

14 Ach thaobh coi'-cheartais, chum ſan àm ſo 'noiſe *gu'm bi* bhur pailteas-ſa 'n a *choi' leaſachadh* air an uireaſbhuidh-ſe, agus mar an ceudna chum gu'm bi am pailteas-ſan 'n a *choi'-leaſachadh* air bhur n uireasbhuidh-ſe, ionnas gu'm bi coi'-cheartas *eadruibh*,

15 Reir mar ata è ſgriobhta, An ti a *thionail* mòran, cha raibh * anabarr aige; agus an ti a *thionail* beagan, cha raibh easbhuidh air.

16 Ach buidheachas do Dhia, a chuir an cùram durachdach ſin fein d'ar taobhſa ann croidhe Thituis.

17 Oir gu deimhin ghabh è ris an impidh, ach air dha bhi ni bu togarraich', chuaidh sè d'a thoil fein d'ar n ionnſuidh.

18 Agus chuir ſinne maille ris am bràthair, aig am bheil *a dheadh* chliu ſan t ſoiſgeul, feadh nan eaglaiſean uile:

19 (Agus ni h è *ſo* amhàin, ach thaghadh è leis na h eaglaiſibh mar an ceudna mar chompanach-turuis dhuinne, leis an tiodhlac' ſo a fhrithealadh leinne chum glòir' an Tighearna ſin fein, agus *chum foillſeachadh* bhur n inntin ullamhſa)

20 A' ſeachnadh ſo, nach tugadh neach air bith mi-chliu dhuinne thaobh a' phailteis ſo a fhrithealadh leinne:

21 Air dhuinn bhi ſolarachadh nithe ciatfach; ni h è 'mhàin am fia'nais an Tighearna, ach fòs am fia'nais dhaoine.

22 Agus chuir ſinn maille riu ar bràthair, a dhearbh ſinn gu minic dùrachdach am mòran do nithibh, ach a noiſe ni 's ro-dhùrachdaich', thaobh an ro-earbſa 'ta ‡ *agam* aſaibhſe.

23 Ma *dh' fhioſraichear* ni ſam bith mu Thitus, *is è* mo chompanach-ſa è, agus mo cho'-oibriche d'ar taobhſa: no *mu thimchioll* nam bràithre, *is iad* teachdoirean nan eaglaiſean, *agus* glòir Chriofd.

24 Uime ſin nochdaibh dhoibhſin, agus am fia'nais nan eaglaiſean, dearbhadh bhur gràidh-ſe, agus ar bòſd-ne d'ar taobh.

CAIB. IX.

1 *Tha è 'g innſeadh an reuſoin air ſon ge do b' aithne dha am mòr-thograd ſein, gur chuir è Titus, agus na bràithre roimh làimh d' an ionnſuidh g'am brosnachadh gu deirc a thabhairt gu pailt',*

do

* iomchubhaidh. † iomaduidh, iomarcuigh. ‡ aige.

do bhri' gur gnè ſhiol-chuir iad, 10 *a bheir barr pailt' dhoibh ſein,* 13 *agus àdhbhar ìobairt mòr-mholaidh do Dhia.*

OIR thaobh miniſtreileachd *a dheanamh* do na naomhaibh, is neimh-fheumail dhamh-ſa ſgriobhadh d'ar n ionnſuidh.

2 Oir is aithne dhamh * ullamhachd bhur n inntin, as leith an deanam uaill aſaibhſe re muintir na Macedonia, *ag radh,* Gu raibh Achaia ullamh o cheann bliadhna; agus bhroſnaich bhur n èud-ſa romhòran.

3 Gidheadh chuir mi na bràithre *d'ar n ionnſuidh,* 'n t eagal gu 'm biodh ar bòſd-ne aſaibh diomhaoin ſa chùis ſo; chum, mar a dubhairt mi, gu 'm biodh ſibh ullamh:

4 D'eagal ma tharlas gu'n d' thig muintir Mhacedonia maille ruinn, agus gu 'm fuigh iad ſibhſe neo-ullamh, gu 'm bi nàire oirnne (gun teachd oirbhſe) a dànadas a' bhoiſd ſo.

5 Uime ſin bhreithnich mi gu'm b' fheumail impidh chur air na bràithribh, iad a dhol air tùs d'ar ionnſuidhſe, agus bhur tabhartas air an do labhradh ribh roimhe, a dheanamh deas, chum gu'm biodh ſin ullamh, mar † thiodhlac', agus ni h ann mar ni a dh' ain-deoin.

6 Ach ſo *deiream,* An ti a chuireas gu gann, buainidh sè gu gann mar an ceudna: Agus an ti a chuireas gu pailt', buainidh sè gu pailt' mar an ceudna.

7 *Thugadh* gach duine *uaithe* reir ‡ rùin a chroidhe; na b'ann ann doilgheas, no le h eigin: oir is toigh le Dia an neach a bheir uaithe gu ſuilbhir.

8 Agus *is* comaſach Dia thoirt fainear gu 'm biodh gach gràs rophailt' dhuibhſe, chum air dhuibh ann s gach uile ni làn leòir a bhi agaibh a ghnà', gu'm biodh ſibh pailt' chum gach deadh oibre:

9 (Reir mar ata è ſgriobhta, Sgaoil sè *a chuid*; thug è do na bochdaibh: mairfidh fhìreantachd a choidhch'.

10 'Noiſe an ti a bheir ſiol do'n t ſioladoir, gu tugadh è araon aran chum bìdh, agus gu mèudaicheadh è bhur ſiol-ſa, agus gu tugadh è do thoradh bhur fìreantachd fàs.)

11 Air dhuibh bhi air bhur deanamh ſaibhir ann s gach uile ni chum gach uile thabhartais, ni a dh' oibricheas trìd-ne breith-buidheachais do Dhia.

12 Oir ata frithealadh na miniſtreileachd ſo, ni h è 'mhàin a' leaſachadh uireasbhuidh nan naomh, ach ata sè mar an ceudna pailt' tre mhòran breith-buidheachais do Dhia;

13 (Air dhoibh bhi tre dhearbhadh na miniſtreileachd-ſa a' toirt glòir' do Dhia air ſon bhur n ùmhlachd aidmheilt' do ſhoiſgeul Chrioſd, agus air ſon bhur tabhartais dhaonnachdaich dhoibhſin, agus do na *naomhaibh* uile)

14 Agus trìd an ùrnuigh-ſin air bhur ſon-ſa, aig am bheil mòr-dheidh oirbh air ſon gràis De a 'ta ro-phailt' annaibh.

15 Buidheachas do Dhia air ſon a thiodhlaic' a 'ta § do-chur-ann céill.

CAIB. X.

1 *Ann aghaidh nan abſtol bréige, a bha deanamh tàir' air* ‖ *anmhuinneachd a phearſa agus air a làthair chorporra, tha è cur ann céill an neart agus an t ùghdarras ſvioradail ſin leis an d' armaicheadh è 'n aghaidh cumhachda a naimhde uile:* 7 *a' toirt cinnte dhoibh, air dha teachd, gu'm fuigheadh iad è co'-chumhachdach ann am focal agus ata è 'noiſe ann ſgriobhadh, agus è as an làthair:* 12 *agus tha è fòs a' faghail croin doibh gu raibh iad 'g an sìneadh fein thar an tomhas, agus a' dea-*

* togarrachd. † ghean-maith. ‡ deadh-thoil. § do labhairt. ‖ laigſe.

deanamh uaill a faothair dhaoin' eile.

NOISE 'ta mise fein Pòl a' guidheadh oirbh, tre mhacantas agus cheannsachd Chriosd, neach air dhamh bhi làthair a 'ta ìosal 'n ar measg, ach air dhamh bhi uaibh a 'ta dàna oirbh.

2 Ach iarram oirbh *dh'athchuinge*, gun *sibh thoirt orm* 'n uair a bhios mi làthair, bhi dàna, leis a' *mhuinghin leis an saoilear mi bhi dàna 'n aghaidh droing àraidh a 'ta toirt meas oirnne, mar gu bitheamaid ag im'eachd a reir na feòla.

3 Oir ge do tha sinn ag †im'eachd ann san t'heoil, ni h ann a reir na feòla ata sinn a' cogadh:

4 (Oir ar n airm chogaidh, ni 'm feòlmhor iad, ach cumhachdach o Dhia chum treun-dhaingnichean a leagadh)

5 A' tilgeadh sios reusonachaidh, agus na h uile ni àrd a dh' àrdaicheas è fein ann aghaidh eòlais De, agus a' toirt am braighdeanas gach smuainteach chum umhlachd Chriosd:

6 Agus dioghaltas ullamh againn r'a dheanamh air gach uile easumhlachd, 'n uair a choi'-lionar bhur n umhlachd-sa.

7 An amhairc sibh air nithibh reir an cos'lais? ma 'ta dòchas aig aon neach as fein, gur le Criosd è, smuainticheadh e so a-ris uaithe fein, amhuil mar is le Criosd eisean, gur le Criosd sinne fòs mar an ceudna.

8 Oir ge do dheanainn càil-eigin ni 's mò dh' uaill as ar cumhachdne, (a thug an Tighearna dhuinn chum fòghluim, agus ni h ann chum bhur sgrios-sa) cha bhiodh nàir' orm:

9 Chum nach measfadh mi mar gu'm bithinn ag cur eagail oirbh le litrichibh.

10 Oir ata *a* litrichean (deir iadsan) cud'romach agus làidir, ach *ata a* làthair chorporra anmhunn, agus a chainnt tàireil.

11 Smuainticheadh a leithid sin *do dhuine* so, amhuil mar ata sinne ann am focal tre litrichibh, agus sinn as làthair, mar sin *bithidh sinn* fòs ann gniomh air dhuinn bhi làthair.

12 Oir cha 'n 'eil a ‡ chroidh' againne sinn fein a chur ann àireamh, no a choi'-shineadh re dream àraidh a mholas iad fein: ach air dhoibhsin bhi 'gan tomhas fein eatorra fein, agus 'gan coi'-shìneadh fein riu fein, cha 'n 'eil iad glic.

13 Ach cha dean sinne uaill a nithibh a'ta thar *ar* tomhas, ach reir tomhais na riaghail a roinn Dia dhuinne, *eadhon* tomhas a ruigeas fos oirbhse.

14 Oir cha 'n 'eil sinne 'gar sìneadh fein thar *ar tomhas*, mar nach ruigeamaid fibhse; oir thainig sinn fòs chugaibhse, le toisgeul Chriosd:

15 Gun sinn bhi deanamh uaill a nithibh a 'ta thar *ar* tomhas, *eadhon*, a saothairibh dhaoin' eile; ach ata dòchas againn, 'n uair a mheudaichear bhur creidimh-se, gu 'm fuigh sinn tarsaingeachd gu pailt' annaibh reir ar riaghail-ne,

16 Chum an toisgeul a shearmonachadh ann sna *h ionadaibh* an taobh thall duibh, *agus* ni h ann chum mòrail a dheanamh ann riaghail duin' eile, a nithibh a 'ta ullamh cheana.

17 Ach an ti a ni uaill, deanadh è uaill ann san Tighearna.

18 Oir cha 'n è an ti a mholas è fein a 'ta § ionmholta, ach an ti a mholas an Tighearna.

CAIB. XI.

1 *Tre ro-mhèud a chùram do na Corintianaich, a' an raibh è 'n cos las tuilleadh spéis thoirt do na h abstolaibh brèige na aha-san, tha*

* urrasachd, mhisnich. † siubhal. ‡ mhisnich. § dearbhta.

tha è a' tòiseachadh a dh' aindeoin re è fein a mholadh, 5 ag innseadh nach raibh è a bheag gaoraid air na h abstoil bu mhò, 7 gu'n do shearmonaich è an soisgeul dhoibh gu saor, 13 a' nochdadh nach raibh è a bheag a dhei'-làimh air an luchd-oibre chealgach sin, thaobh aon seobhair a bhuineadh do'n lagh, 23 agus gu 'n d' thug è gu ro-mhòr barrachd orra ann seirbhis Chriosd, agus ann sgach uile ghnè shulangais air son a mhinistreileachd.

B' FHEARR leam gu 'n giùlaineadh sibh beagan le *m'* amaideachd; agus fòs giùlainibh leam.

2 Oir ata mi èudmhor umaibh le h èud diadhuidh: oir rinn mi ceangal-pòsaidh eidear sibh agus aon fhear, chum bhur cur *mar* òigh fhior-ghloin ann làthair Chriosd.

3 Ach ata eagal orm, am freasdal air aon dòigh, mar a mhealt an naithir nimhe Eubha leis a * ceilgsheòltachd, mar sin gu 'n truaillear bhur inntin-se, o'n t siompluidheachd a 'ta ann Criosd.

4 Oir nan deanadh an neach a thig, Iosa eile a shearmonachadh nach do shearmonaich sinne, no *nam* fuigheadh sibhse Spiorad eile, nach d' fhuair sibh, no soisgeul eile, ris nach do ghabh sibh, bhiodh deadh àdhbhar agaibh giùlan *leis*.

5 Oir is i mo bharail-se nach raibh mi a bheag gaoraid air na h abstolaibh a b' àirde.

6 Ach ge *do tha* mi neo-fhòghluimte ann cainnt, gidheadh cha 'n 'eil mi *mar sin* ann eòlas; ach rinneadh sinn làn fhollasach ann sna h uile nithibh 'n ar measg-sa.

7 An d' rinn mi cionta le mi fein iseachadh chum gu 'm biodh sibhse air bhur n àrdachadh, *no do bhri'* gur shearmonaich mi soisgeul De ann nasgaidh dhuibh?

8 Chreach mi eaglaisean eile, ag gabhail tuarasdail *uatha*, chum seirbhis a dheanamh dhuibhse.

9 Agus 'nuair a bha mi làthair maille ribhse agus uireasbhuidh orm, cha do leig mi mo throm air duin' air bith: oir leasaich na bràithre, a thainig o Mhacedonia m' uireasbhuidh: Agus ann sgach uile nithibh choimhid mi mi fein o m' throm a leigeadh oirbhse, agus fòs coimhididh.

10 Mar ata fìrinn Chriosd annam, † cha druidear mi o'n mhòrail so ann criochaibh na h Achaia.

11 C'ar son? Do bhri' nach 'eil gràdh agam dhuibh? ata fios aig Dia.

12 Ach an ni a 'ta mi deanamh, ni mi fòs è, chum gu tugam air falbh ‡ cion-fàth uatha-san le 'm bu mhiann cion-fàth fhaghail, chum ann san ni as am bheil iad ag deanamh uaill, gu fuighear iad eadhon mar sinne.

13 Oir is ann d'an leithidibh sin *ataid* abstola bréige, luchd oibre cealgach, 'g an cur fein ann cosamhlachd abstola Chriosd.

14 Agus cha 'n iongnadh *sin;* oir cuirfear Satan fein ann cruth aingeil soillse.

15 Uime sin cha ni mòr *è* ge do chuirfear a mhinisteiridh mar an ceudna ann an cruth mhinisteiridh na fìreantachd; aig am bi an crioch dheireannach reir an oibridh.

16 Deiream a-rìs, na measadh aon neach gur amadan mi; no fòs, gabhaibh rium mar amadan fein, chum gu'n deanam-sa fòs beagan uaill asam fein.

17 An ni a labhram, ni h ann a reir an Tighearna a labhram è, ach mar gu b' ann gu h amaideach ann san dànadas bhoisd so.

18 Do bhri' gu bheil mòran a' deanamh uaill a reir na feòla; ni mise uaill mar an ceudna.

19 Oir

* cuil-bheartachd. † cha chumar a' mhòrail so uam. ‡ co'-throm.

19 Oir giùlainidh fibh gu toileach le amadanaibh, do bhri' gu bheil fibh *fein* glic.

20 Oir fuil'gidh fibh ma bheir neach ann daorfa fibh, ma * dh' itheas neach *fibh*, ma bheir neach bhur cuid *dhibh*, ma dh' àrdaicheas neach è fein, ma bhuaileas neach air an aghaidh fibh.

21 Labhram thaobh eas-onoir, mar gu'm bitheamaid anmhunn: ach, ge b'è ni ann sa' bheil neach air bith dàna, (labhram gu h amaideach) ata mise dàna *ann* mar an ceudna.

22 An Eabhruich iad? *is mar fin* mise mar an ceudna: An Israelich iad? *is mar fin* mise fòs: An sliochd do Abraham iad? *is mar fin* mise mar an ceudna:

23 Am ministeiridh do Chriosd iad? (labhram mar dhuine michéillidh) 'taimse os an ceann *sa chùis so:* ann saothairibh ni's pailte, ann am buillibh † ni 's ro-mhò, am prìosunaibh ni 's trice, am bàsaibh gu minic.

24 Fhuair mi o na h Iudhachaibh cuig uaire dà fhichead *buille* ach a h aon.

25 Ghabhadh do shlataibh orm tri uaire, chlochadh mi aon uair, dh' fhuiling mi lòng-bhriseadh tri uaire; là agus oidhche bha mi san doimhne:

26 Ann turusaibh gu minic, ann gàbha aimhnichean, ann cuntartaibh mheirleach, ann cuntartaibh o *m'* chinneach *fein*, ann cuntartaibh o na Geintileachaibh, ann cuntartaibh sa bhaile, ann cuntartaibh san fhàsach, ann cuntartaibh san fhairge, ann cuntartaibh 'measg bhràithre fallsa;

27 Ann sgìos agus am briseadh-croidhe, am fairibh gu minic, ann ocras agus ann tart, ann trosgaibh gu minic, am fuachd, agus ann lom-nochdaidh.

28 Bharr air na nithibh a 'ta ann leith 'muigh, an ni a 'ta teachd orm gu lathail, cùram nan eaglaisean uile.

29 Co a'ta lag, agus nach bheilimsé lag? co a 'ta faghail oilbheim agus nach 'eil mise air mo losgadh?

30 Ma's eigin damh uaill a dheanamh, is ann as na nithibh a bhuineas do m' anmhuinneachd a nmi uaill.

31 'Ta fios aig Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a 'ta beannuichte gu siorruidh, nach 'eimi deanamh bréige.

32 Ann Damascus chuir uachdaran *a' phobuill* fuidh Aretas an righ, coimhead air baile nan Damascanach, ann rùn mise a ghlacadh:

33 Ach tre fhuinneoig leigeadh fios ris a' bhalla mi ann cliabh, agus chuaidh mi as a làmhaibh.

CAIB. XII.

1 *Chum abstolachd a mholadh, ge d' fheudadh è uaill a dheanamh as a thaisbeinibh iongantach;* 9 *gidheadh is fearr leis mòrail a dheanamh as anmhuinneachd;* 11 *ata è faghail croin doibh chionn gu'n d' eignich iad è chum a' bhòisd dhiomhaoin so:* 14 *ag gealltuin teachd a-rìs d'an ionnsuidh: ach gu tur le aigne athaireil,* 20 *ge do tha eagal air chum a dhoilgheis gu'm fuigh sè mòran chiontach, agus do nithibh as òrdugh nam measg.*

GU deimhin cha 'n 'eil è iomchu'idh dhamhsa uaill a dheanamh: thig mi chum seallanna agus taisbeana an Tighearna.

2 B' aithne dhamh duine ann Criosd ceithir-bliadhna-deug roimhe so (ma's ann sa choluinn, ni h aithne dhamh; no as a' choluinn, ni h aithne dhamh; aig Dia ata fios) a leithid sin do dhuine thogadh chum an treas neamh.

3 Agus

* chiaoidheas. † thar tomhas.

3 Agus b' aithne dhamh a leithid
n do dhuine (ma's ann fa choluinn,
o as a' choluinn,ni h aithne dhamh:
g Dia ata fios)

4 Gu'n do thogadh fuas è gu
arras, agus gu'n cual' è briathra
o-labhairt, nithe nach * còir do
huine a labhairt.

5 M'a leithid fin *do dhuine* ni mi
ill: ach afam fein cha dean mi
ill, mur *dean mi* a m' † an-
huinneachdaibh.

6 Oir ge do b'aill leam uaill a
eanamh, cha bhi mi a'm' ama-
in; oir labhraidh mi an fhì-
nn: gidheadh ata mi a' cumail
m fein, 'n t eagal gu m bi meas
g duine dhiom thar mar ata è 'g am
aicfin, no a' cluinntin umam.

7 Agus 'n t eagal gu'm bithinn
r m' àrdachadh thar tomhas, tre
-mhèud nan taisbeana, thugadh
amh fgolb fan fheoil, teachdoire
atain chum gu'm buaileadh è
ornaibh mi, 'n t eagal gu'm
thinn air m' àrdachadh thar to-
has.

8 Air a fhon fo ghuidh mi an
ighearna tri uaire, gu'n im'icheadh
uam:

9 Agus a dubhairt sè rium,
leòir mo ghràfa fa dhuit: oir ata
o chumhachd air a dheanamh
irfe ann anmhuinneachd. Uime
n is ro-thoiliche a ni mi mòrail a
' anmhuinneachdaibh, chum gu'n
ibh cumhachd Chriofd comhnuidh
m.

10 Uime fin ata mi gabhail
achd ann anmhuinneachdaibh, am
aflaibh, ann uireasbhuidhibh, ann
ur-leanmhuinnibh, ann ‡ àmh-
araibh air fon Chriofd: oir 'n uair
a mi lag, ann fin ata mi làidir.

11 Rinneadh a'm' amadan mi le
ill a dheanamh, dh' eignich fibhfe
i: oir bu chòir dhamh bhi air mo
holadh libhfe: oir cha raibh mi
eag fam bith fuidh na h abfto-
ibh a's àirde, ge nach 'eil annam
h neo-ni.

12 Gu deimhin dh' oibricheadh comharthaidh abftoil ann bhur measg-fa ann s gach uile fhoighidin, ann comharthaibh agus ann iongantafaibh, agus ann § cumhachdaibh.

13 Oir ciod an ni ann san raibh fibh ni bu lugha na eaglaifean eile, mur h è nach do leig mi fein mo throm oirbh? thugaibh maitheanas damh fan ea-coir fo.

14 Fèuch, ata mi ullamh 'noife an treas uair chum teachd d'ar n ionnfuidh; agus cha chuir mi mo throm oirbh; oir cha 'n è bhur cuid a 'ta mi 'g iarraidh, ach fibh fein: oir cha 'n 'eil è dh' fhiachaibh air a' chloinn ionmhas a chruinneachadh fa chomhair nam pàranta, ach air na pàrantaibh fa chomhair na cloinne.

15 Agus is ro-thogarrach a ni mife caithe' agus a chaithear mi air fon bhur n anama-fa, ge mar is ro-phailte ata gràdh agam dhuibh, is lugha bhur gràdh-fa dhamh.

16 Ach biodh è mar fin, nach do chuir mi trom oirbh: gidheadh air dhamh bhi innleachdach, ghlac mi le feòltuidheachd fibh.

17 An d' rinn mife trìd aon neach dhiubhfan a chuir mi d' ar n ionnfuidh buannachd dhibh?

18 Ghuidh mi air Titus *dol d'ar n ionnfuidh*, agus chuir mi bràthair maille ris: an d' rinn Titus buannachd dhibh? nach do ghluais finn fan aon Spiorad? agus ann fna h aon cheumaibh?

19 A-rìs, am bheil fibh a' faoilfin gu bheil finne gabhail ar leithfgeil ribh? ata finn a' labhairt am fia'nais De ann Criofd: ach ata an t iomlan, a chàirde, chum bhur fòghluim-fe.

20 Oir is eagal leam air dhamh teachd nach fuigh mi fibh mar is miann leam, agus gu fuighear mife dhuibhfe mar nach bu mhiann libh: 'n t eagal gu'm bi connfacha', far-

* urradh duine a labhairt. † laigfibh. ‡ aindeifibh. § gniomharthaibh cumhachdach.

mad,

mad, fearg, coi'-ftri', cùl-chàineadh, cogarfaich, * àrdain, ceannairce *'n ar measg:*

21 'N t eagal air teachd dhamh a-rìs, gu 'n iflich mo Dhia mi 'n ar measg, agus gu caoineam mòran do'n droing a pheacaich a cheana, agus nach do ghabh aithreachas do neo-ghloine, agus do ftrìopachas, agus mhi-nàire a rinn iad.

CAIB. XIII.

1 *'Ta è bagairt gairge agus cumhachd abftolachd ann aghaidh pheacach cruaidh-mhuinealach : 5 agus ag comhairleachadh dhoibh an creidimh a dhearbhadh, 7 agus am beatha a leafachadh mun d' thig è : 11 'ta è ag co'-dhùnadh na litreach le earail choitchionn agus le h ùrnuigh.*

IS i fo an treas uair ata mi a' teachd d'ar n ionnfuidh : am beul dias no triuir do fhia'naifibh bithidh gach focal feafmhach:

2 Dh' innis mi cheana, agus ata mi a' roimh-innfeadh dhuibh mar gu'm bithinn a làthair an dara uair, agus a noife air dhamh bhi as bhur làthair, fgriobham chum na droing' a pheacaich roimhe fo, agus chum chàich uile, ma thig mi a-rìs, nach coigill mi :

3 O 'ta fibh 'g iarraidh dearbhadh air Criofd a' labhairt annam-fa, neach d'ar taobh-fa nach 'eil anmhunn, ach a'ta cumhachdach annaibh.

4 Oir ge do cheufadh è trìd anmhuinneachd, gidheadh ata sè beo tre chumhachd Dhe: oir ata finne mar an ceudna anmhunn ann-fan, gidheadh bithidh finn beo mailfe ris tre chumhachd Dhe d'ar taobh-fa.

5 † Fidrichibh fibh fein, am bhei fibh fa chreidimh ; dearbhaibh fibh fein : nach aithne dhuibh fibh fein, gu bheil Iofa Criofd annaibh, mur daoine ‡ neo-dhearbhta fibh ?

6 Ach tha dòchas agam gu 'm bi fhios agaibh nach daoine neo-dhearbhta finne.

7 'Noife 'ta mi guidheadh air Dia gun fibhs' a dheanamh uile air bith; ni h ann chum gu'm faicear finne bhi dearbhta, ach chum gu'n deanadh fibhfe an ni fin a'ta § maith, ge do raibh finne mar dhaoine neo-dhearbhta.

8 Oir cha 'n urradh finn ni air bith a dheanamh ann aghaidh na fìrinn, ach air fon na fìrinn.

9 Oir ata finn fubhach 'n uair ata finn *fein* anmhunn, agus fibhfe làidir : agus ata finn a' guidheadh fo mar an ceudna, fibhfe bhi diongmhalta.

10 Is ann uime fo a fgriobh mi na nithe fo *d'ar n ionnfuidh* air dhamh bhi as bhur làthair, chum air dhamh bhi làthair nach bithinn garg, a reir a' chumhachd a thug an Tighearna dhamh chum fòghluim, agus ni h ann chum fgrios.

11 Fa dheoidh, a bhràithre, flàinte libh : bithibh ‖ diongmhalta, bithibh fubhach, bithibh dh' aon inntin, bithibh fiothchail ; agus bithidh Dia a' ghràidh agus na fiothchaint maille ribh.

12 ** Altaichibh beatha a chéile le pòig naomha.

13 'Ta na naoimh uile ag cur beannachd d'ar ionnfuidh.

14 Gràs an Tighearna Iofa Criofd, agus gràdh Dhe, agus co'-chomunn an Spioraid naoimh, *gu raibh* maille ribh uile. Amen.

Litir

* àrd inntineachd, atmhoireachd. † ceafnuichibh. ‡ chuireadh air cùl. § ciatfach. ‖ foirfe. ** cuiribh fàilt' air a chéile.

Litir an Abstoil PHOIL chum nan GALATIANACH.

CAIB. I.

6 *Tha iongantas air gur thrèig iad eisean agus an soisgeul co'-luath:* 8 *agus tha è a' mallachadh na droinge sin a shearmonaicheas aon soisgeul eile ach na shearmonaich èsein:* 11 *dh' fhòghluim è 'n soisgeul ni o dhaoinibh, ach o Dhia,* 13 *agus tha è a' nochdadh ciod a' ghnè dhuine bha ann mun do ghairmeadh è,* 17 *agus ciod a rinn è air ball ann diaigh a ghairm.*

POL abitol (ni o dhaoinibh, no tre dhuine, ach tre Iosa Criosd, agus Dia an t Athair, a thog eisean o na marbhaibh)

2 Agus na bràithre uile a 'ta maille rium, chum eaglaisean na Galatia:

3 Gràs dhuibhse, agus siothchaint o Dhia an t'Athair, agus. *o* ar Tighearna Iosa Criosd,

4 A thug è fein air son ar peacaidh-ne, chum gu'n saoradh è sinn o'n droch shaoghal a 'ta làthair, reir toil De agus ar n Athar-ne:

5 Dha-san *gu raibh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

6 Is iongnadh leam gu'n d' atharraicheadh sibh co'-luath uaithe-sin a ghairm sibh chum gràis Chriosd, gu soisgeul eile:

7 Ni nach *soisgeul* eile; ach ata dream àraidh 'g ar buaireadh, le 'n àill soisgeul Chriosd a * chlaonthruailleadh:

8 Ach d'an deanamaid-ne, no aingeal o neamh, soisgeul eil'a shearmonachadh dhuibh, ach *an soisgeul a* shearmonaich sinne dhuibh, biodh è malluichte.

9 Amhuil mar a dubhairt sinn roimhe, deireams' a noise a-ris mar an ceudna, Ma shearmonaicheas neach sam bith soisgeul eile dhuibh, ach *an soisgeul* a ghabh sibh, biodh è malluichte.

10 Oir am bheil mi 'noise ag cur impidh air daoinibh, no air Dia? no am bheil mi 'g iarraidh daoin' a thoileachadh? oir nam bithinn fòs a' toileachadh dhaoine, cha bhithinn a'm' shearbhant' aig Criosd.

11 Ach ata mi toirt fios duibh, a bhràithre, an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a reir duin' ata è.

12 Oir ni o dhuine a fhuair mi è, ni mò a theagaisgeadh dhamh è, ach trìd fhoillseachadh Iosa Criosd.

13 Oir chuala sibh mo chaithe'-beatha-sa san aimsir a chuaidh seachad, ann creidimh nan Iudhach, gu 'n d' rinn mi thar tomhas geur-leanmhuin air eaglais De, agus gu'n d' fhàsaich mi i:

14 Agus thainig mi air m' aghaidh ann creidimh nan Iudhach thar mòran do m' cho'-aoisibh 'measg mo chinnich fein, air dhamh bhi ni bu ro-èudmhoir' mu ghnàthannaibh mo shinnsireachd.

15 Ach 'n uair a b'i deadh thoil De, a sgar o bhroinn mo mhàthar mi, agus a ghoir *mi* trid a ghràs,

16 A Mhac fein fhoillseachadh annam, chum gu searmonaichinn è 'measg nan Cinneach; air ball cha do chuir mi comhairle re feoil agus fuil:

17 Ni mò chuaidh mi suas gu Hierusalem, chum na muintir sin a bha 'n an abstolaibh romham; ach chuaidh mi gu h Arabia, agus a-ris thainig mi air m' ais gu Damascus.

18 Ann diaigh sin ann ceann thri bliadhna chuaidh mi suas gu Hierusalem, a dh' fhaicsin Pheadair,

* fhiaradh, chur bun os ceann.

agus dh' fhan mi maille ris cuig-laithe-deug.

19 Ach neach air bith eile do na h abstolaibh ni 'm faca mi, ach Seumas bràthair an Tighearna.

20 'Noise *ann* sna nithibh a sgriobham dhuibh, feuch, ann làthair Dhe, ni bheil mi deanamh bréige.

21 'Na dhiaigh sin thainig mi gu criochaibh na Siria agus na Cilicia;

22 Agus cha raibh eòlas orm thaobh m' fhaicsin aig eaglaisibh Iudea, a bha ann Criosd:

23 Ach amhàin chual' iad, An ti ann san àm a chuaidh seachad a bha 'g ar geur-leanmhuin, gu bheil è 'noise searmonachadh a' chreidimh a bha è a' sgrios * roimhe *so*.

24 Agus thug iad glòir do Dhia † do m' thaobh-sa.

CAIB. II.

1 *'Ta è cur ann céill c'uin a chuaidh è suas gu Hierusalem, agus c'ar son, agus nach do thimchioll-ghearradh Titus,* 11 *agus gur chuir è 'n aghaidh Pheadair, agus gur dh' innis è dha a reuson;* 14 *c'ar son ata è fein, agus muintir eile, a ta 'nan Iudhaich, a' creidsin gu'm bi iad air am fìreanachadh tre chreidimh ann Criosd, agus ni h ann trìd oibre;* 20 *agus nach caith an droing a'ta mar sin air am fìreanachadh, am beatha ann am peacadh.*

ANN sinn ann ceann cheithir-bliadhna-deug 'n a dhiaigh *so*, chuaidh mi a-rìs suas gu Hierusalem, maille re Barnabas, a' toirt Thituis leam mar an ceudna.

2 Agus chuaidh mi suas do reir foillseachaidh, agus chuir mi ann céill dhoibh an soisgeul a 'ta mi a searmonachadh 'measg nan Cinneach, ach ann uaign'eas dhoibhsin d'an raibh meas, 'n t eagal air chor sam bith gu'n ruidhinn, no gur ruidh mi ann diomhaoineas.

3 Ach fòs cha b' eigin do Thitus a bha a'm' chuideachd, bhi air a thimchioll-ghearradh, ge bu Ghreugach è:

4 Agus sin air son bhràithre fallsa, a ‡ ghoid a steach 'n ar measg, a thainig a steach os ìosal a dh' fhaicsin ar saorsa, a 'ta againn ann Iosa Criosd, chum ar toirt fa dhaorsa.

5 Do nach d' thug sinne géill eadhon rè uaire; chum gu'm § buanaicheadh fìrinn an t soisgeil maille ribhse.

6 Ach o'n droing sin, a mheasadh gur bu ni eigin iad, (ciod air bith a bha iad roimhe, ni 'm bheil suim ann damh-sa: ni bheil meas aig Dia do phearsa dhuine) oir iadsan a' mheasadh gur *bu ni eigin iad*, cha do phàirtich iad le 'n comh-radh bheag sam bith riumsa.

7 Ach air an làimh eile, 'n uair a chunnairc iad gu'n d' earbadh soisgeul an neo-thimchioll-ghearraidh riumsa, mar *a dh' earbadh soisgeul an* timchioll-ghearraidh re Peadar;

8 (Oir an ti a dh' oibrich gu h eifeachdach am Peadar chum abstolachd an timchioll-ghearraidh, dh'oibrich è gu cumhachdach annamsa mar an ceudna chum nan Cinneach)

9 Agus 'n uair a thuig Seumas, agus Cephas, agus Eoin, a 'ta air am meas 'n am puist, an gràs a thugadh dhamh-sa, thug iad dhamh-sa agus do Bharnabas deas-làmh a' chomuinn; ionnas *gu rachamaid* chum nan Cinneach, agus iad fein chum an timchioll-ghearraidh.

10 Amhain *b' àill leo* gu 'm bitheamaid cuimhneach air na boch-daibh; ni mar an ceudna a bha ‖ ro-thoil agams' a dheanamh.

11 Ach 'n uair a thainig Peadar gu h Antioch, sheas mi 'n a aghaidh as eudan, chionn gu'n raibh è r'a choireachadh.

12 Oir

* uair-sigin. † annam-sa. ‡ thugadh steach am braid. § mairsceadh, sanfadh ‖ ro-thogradh.

12 Oir roimh do dhream àraidh teachd o Sheumas, chaith è biadh maille ris na Geintileachaibh: ach 'nuair a thainig iadsan, chuaidh sè thaoibh, agus thearbaidh sê è fein, air eagal na muintir a bha do 'n timchioll-ghearradh.

13 Agus rinn na h Iudhaich eile gnùis-mhealladh maille ris mar an ceudna; ionnas gu 'n d' thugadh Barnabas fòs a thaoibh le 'n *cluain.

14 Ach 'nuair a chunnaic mise nach do ghluais iad † san t sligheadhìrich, a reir fìrinn an t soisgeil, a dubhairt mi re Peadar 'nam fia'nais uile, Ma 'ta thusa, agus gur Iudhach thu, ag caitheamh do bheatha reir nan Cinneach, agus ni h ann a reir nan Iudhach, c'ar son ata thu 'g eigneachadh nan Cinneach am beatha chaitheamh mar na h Iudhaich?

15 Air dhuinne *a 'ta 'nar* Iudhaich thaobh nàduir, agus ni h ann 'nar peacaich do na Cinneachaibh,

16 Fios a bhi againn nach 'eil duin' air fhìreanachadh o oibribh an lagha, ach tre chreidimh Iosa Criosd, chreid sinne fòs ann Iosa Criosd; chum gu 'm bitheamaid air ar fìreanachadh o chreidimh Chriosd, agus ni h ann o oibribh an lagha: oir o oibribh an lagha cha bhi feoil sam bith air a fìreanachadh.

17 Ach air dhuinn bhi 'g iarraidh bhi air ar fìreanachadh tre Chriosd, ma gheibhear 'nar peacaich sinn fein fòs, *am bheil* uime sin Criosd 'na mhinisteir peacaidh? Nar leigeadh Dia.

18 Oir ma thogas mi a-rìs suas na nithe a leag mi, 'ta mi deanamh ciontach dhiom fein.

19 Oir ata mise tre 'n ‡ reachd marbh do'n reachd, chum gu'm bithinn beo do Dhia.

20 Tha mi air mo cheusadh maille re Criosd: gidheadh ata mi beo; ach cha mhise, ach Criosd a 'ta beo annam: agus a' bheatha a 'ta mi 'noise a' caitheamh san fheoil, caitheam i tre chreidimh Mhic Dhe, a ghràdhaich mi, agus a thug è fein air mo shon.

21 Ni bheil mi a' cur gràis De § air cùl: oir ma 'ta fìreantachd tre 'n lagh, is *ann* gun àdhbhar a fhuair Criosd bàs.

CAIB. III.

1 *Tha è farraid ciod a dh'aom iad gus an creidimh a thréigsin, agus dòigh a chur san lagh.* 6 *'Ta 'n droing a'ta creidsin air am fìreanachadh,* 9 *agus air am beannachadh maille re Abraham:* 10 *agus ata è dearbhadh so le iomadh reuson.*

O a Ghalatianacha gun chéill, co a chuir draoidheachd oirbh, ionnas nach biodh sibh umhal do'n fhìrinn, d'an raibh Criosd air a nochdadh gu ‖ dealbhach fa chomhair bhur sùl, air a cheusadh 'nar measg?

2 So amhàin b' àill leam fhòghlum uaibh, An ann o oibribh an lagha a fhuair sibh an Spiorad, no o eisdeachd a' chreidimh?

3 Am bheil sibh co'-amaideach *as sin?* air dhuibh tòiseachadh san Spiorad, am bheil sibh 'nois' air bhur deanamh foirfe leis an fheoil?

4 An d' fhuiling sibh na h uiread sin do nithibh gu diomhaoin? ma *'s ann* fòs gu diomhaoin.

5 An ti uime sin a 'ta frithealadh duibh an Spioraid, agus ag oibreachadh mhiorbhuile 'nar measg, an ann trid oibribh an lagha, no trid eisdeachd a' chreidimh *a ni è so?*

6 Amhuil mar a chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin dha mar fhìreantachd.

7 Uime sin biodh fhios agaibh, an droing a'*ta* do 'n chreidimh, gur h iad sin clann Abraham.

8 Oir

* gnùis-mhealladh, ceilg. † gu treibh-dhireach. ‡ lagh. § ann neo-bri'. ‖ soilleir.

8 Oir air fhaicfin roimhe do'n fgriobtuir gu'm fìreanacheadh Dia na Cinnich tre chreidimh, fhearmonaich è an foifgeul roimh làimh do Abraham, *ag radh*, Bithidh na h uile Chinnich air am beannachadh annadfa.

9 Uime fin ata an droing a'ta do'n chreidimh, air am beannachadh maille re Abraham, fior chreidmheach.

10 Oir a mhèud 's a 'ta do oibribh an lagha, 'ta fiad fuidh 'n mhallachadh: oir ata è fgriobhta, *Is* malluichte gach uile neach nach * buanaich ann s gach uile nithibh a 'ta fgriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

11 Ach *is* ni follafach, nach fìreanaichear neach fam bith tre 'n lagh am fia'nais De: oir, † Mairfidh am fìrean tre chreidimh.

12 Agus cha 'n 'eil an lagh o chreidimh: ach, An duine a ni iad gheibh sè beatha d'an taobh.

13 Shaor Criofd finne o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'n a mhallachadh air ar fon: oir ata è fgriobhta, *Is* malluichte gach aon a chrochar air crann:

14 Chum gu 'n d' thigeadh beannachadh Abraham air na Geintileachaibh trìd Iofa Criofd; ionnas gu fuigheamaid gealladh an Spioraid tre chreidimh.

15 A bhràithre, labhram mar dhuine; ge nach bi ann ach ‡ cunnradh duine, ma 'ta è air a dhaingneachadh, cha chuir neach air bith air cùl è, agus cha chuir'ear ni fam bith ris.

16 'Noife is ann do Abraham a § thugadh na geallanna agus d'a fhìol. Ni 'n deir sè, Agus do fhiolaibh, mar gu'm biodh *è labhairt* mu mhòran; ach mar mu aon, Agus do d' fhiol-fa, neach a's è Criofd.

17 Agus a deiream fo, nach fheudar gu'n cuir an lagh, a thugadh ann ceann cheithir cheud agus dheich bliadhna fichead 'n a dhiaigh an cunnradh ann neo-bri', a dhaingnicheadh roimhe le Dia ann Criofd, ionnas gu'n cuireadh sè an gealladh air cùl.

18 Oir ma's ann o'n lagh *ata* an oighreachd, ni *bheil i* ni 's mò o'n ghealladh: ach thug Dia gu faor *i* do Abraham tre ghealladh.

19 C'ar fon uime fin *a thugadh* an lagh? thugadh è air fon easaontais, gus an d' thigeadh an fiol, d'an d' rinneadh an gealladh; air òrduchadh le ainglibh ann làimh eidir-mheadhonair.

20 'Noife an t eidir-mheadhonair, ni h ann air *fon* a h aon *ata* è, *'n a eidir-mheadhonair;* ach is aon Dia.

21 Uime fin *am bheil* an lagh ann aghaidh gheallanna De? Nar leigeadh Dia: oir nam biodh lagh air a thabhairt a bhiodh comafach air beatha thoirt uaithe, gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fìreantachd.

22 Ach dh' fhàg an fgriobtuir na h uile *dhaoine* duinte fa pheacadh, chum gu'm biodh an gealladh tre chreidimh Iofa Criofd air a thoirt dhoibhfin a 'ta creidfin.

23 Ach mun d' thainig an creidimh, choimheadadh finn fuidh 'n lagh, air ar druideadh a fteach chum a' chreidimh, a bha gu bhi air fhoillfeachadh.

24 Uime fin b'è an lagh ar maighifdir-fcoile *'g ar treòrachadh* gu Criofd, chum gu bitheamaid air ar fìreanachadh tre chreidimh.

25 Ach air teachd do'n chreidimh, ni bheil finn ni 's mò fuidh mhaighifdir-fcoile.

26 Oir is fibhs' uile mic Dhe tre chreidimh ann Iofa Criofd.

27 Oir mhèud agaibh 's a bhaifteadh,

† Bithidh am fìrean beo. ‡ cùmhnant. § labhradh, rinneadh.

steadh do Chriosd, chuir sibh umaibh Criosd.

28 Ni bheil Iudhach no Greugach, ni bheil saor no daor, ni bheil * fear no bean ann: oir is aon sibh uile ann Iosa Criosd.

29 Agus ma 's le Criosd sibh, is sibh siol Abraham gun amharus, agus is oighreacha *sibh* reir a' gheallaidh.

CAIB. IV.

1 *Bha sinn fuidh 'n lagh, gus an d' thainig Criosd, mar ata an t oighre fuidh a thuiteir gus an d' thig è gu h aois.* 5 *Ach shaor Criosd sinn o'n lagh: 7 uime sin cha 'n 'eil sinn 'n ar searbhanta ni 's faide dha.* 14 *Tha è cur ann cuimhne dhoibh an deadh-ghean da-san, agus a dheadh-rùn fein doibhsin;* 22 *agus tha è nochdadh gur sinne clann Abraham thaobh namnà-saoire.*

'NOISE deiream, am feadh a bhios an t oighre 'n a leanabh, nach 'eil eidir-dhealachadh sam bith eidear è agus seirbhiseach, ge d' is è Tighearna gach uile *nithe;*

2 Ach ata è fuidh † luchd-coimhead agus fuidh luchd-riaghluidh gu teachd na h aimsir' a dh' òrduich an t athair.

3 Is mar an ceudna sinne, 'n uair a bha sinn 'n ar leanabaibh, bha sinn ann daorsa fuidh cheud fhòghluim an t saoghail:

4 Ach 'n uair a thainig coi'-lionadh na h aimsir', chuir Dia a Mhac fein uaithe, a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh 'n lagh,

5 Chum gu 'n saoradh è iadsan bha fuidh 'n lagh, ionnas gu faigheamaid-ne uchd-mhacachd ‡ na cloinne.

6 Agus do bhri' gur mic sibh, chuir Dia Spiorad a Mhic fein ann bhur croidhibh, ag éigheach, Abba, Athair.

7 Uime sin cha seirbhiseach thu ni 's mò, ach mac; agus ma 's mac, is oighre fòs air Dia tre Chriosd.

8 Gidheadh, 'n uair nach b' aithne dhuibh Dia, rinn sibh seirbhis dhoibhsin nach 'eil 'n an Dée thaobh nàduir.

9 Ach a noise air dhuibh Dia aithneachadh, no, mar is fearr a dh'fheudar a radh, bhi air bhur n aithneachadh le Dia, cionnas ata sibh ag ath-philleadh chum nan ceud thoiseach anmhunna uireasbhuidheach, d' am miann libh bhi a-ris fuidh dhaorsa?

10 'Ta sibh a' coimhead làith', agus mhìosa, agus aimsire, agus bhliadhna.

11 'Ta eagal orm umaibh, gur chaith mi gu diomhaoin mo shaothair oirbh.

12 Guidheam oirbh, a bhràithre, bithibh mar ata mise, oir *ata* mise mar sibhse; cha d' rinn sibh ea-coir sam bith ormsa.

13 'Ta fhios agaibh gur *b' ann* trìd anmhuinneachd na feòla, a shearmonaich mi dhuibh an toisgeul air tùs.

14 Agus air mo bhuaireadh a bha ann m' fheoil, cha d' rinn sibh tarcuis, agus cha do § ghabh sibh gràin *deth;* ach ghabh sibh rium mar aingeal De, *eadhon* mar Iosa Criosd.

15 ‖ Creud è ma seadh an sonas sin a bha agaibh? oir ata mi deanamh fia'nais duibh, nam bu chomasach è, gu 'm ** buineadh sibh 'mach bhur sùile fein, agus gu 'n d' thugadh sibh dhamh-sa iad.

16 Uime sin †† am bheil mi a'm' nàmhad agaibh, air son mi dh' innseadh na firinn duibh?

17 'Ta iadsan eudmhor umaibh, *ach* ni h ann gu maith; ach b' àill leo sinne dhruideadh amach, chum gu'm

* frionn no bainionn † thuiteiribh. ‡ mhac. § chuir sibh cùl ris.
‖ c'ait' am bheil ** splonadh. †† an d' rinneadh mi a'm' nàmhad duibh.

gu'm biodh ſibhs' èudmhor umpa fein.

18 Ach *is* maith bhi èudmhor a ghnà' ann ni maith, agus ni h è amhàin 'n uair ata miſe a làthair maille ribh.

19 Mo chlann bheag, air am bheil mi a-rìs re ſaothair-*chloinne*, gus an dealbhar Crioſd annaibh,

20 B' àill leam bhi 'noiſe a làthair maille ribh, agus mo ghuth a chaochladh, oir ata mi fuidh amharus umaibh.

21 Innſibh dhamh, ſibhſe le 'm miann bhi fuidh 'n lagh, nach cluinn ſibh an lagh?

22 Oir ata è ſgriobhta, gu raibh aig Abraham dias mhac; a h aon diubh re ban-tràill, agus am *mac* eile re mnaoi ſhaoir.

23 Agus eiſean *a bh'aige* ris a' bhan-tràill, ghineadh reir na feòl' è: ach eiſean *a bh'aige* ris a' mhnaoi ſhaoir, tre ghealladh.

24 Na nithe ſo is * coſamhlachd iad; oir is iad ſo an dà chùmhnant; aon diubh o ſhliabh Sinai, a 'ta a' breith chum daorſa, noch is i Agar.

25 Oir is i Agar ſliabh Sinai ann Arabia, agus ata i ag coi'-ſhreagradh do Ieruſalem a 'ta 'nois' ann, agus ata ſi fuidh dhaorſa maille r'a cloinn.

26 Ach ata an Ieruſalem a 'ta ſhuas ſaor, agus is màthair dhuinn uil' i.

27 Oir ata è ſgriobhta, Dean gàirdeachas, a bhean ſheaſg nach 'eil a' breith *cloinne;* bris amach agus glaodh, thuſa nach 'eil re ſaothair-*chloinne:* oir is lionmhoire clann na mnà aonaraich na na mnà aig am bheil ſear.

28 'Noiſe, a bhràithre, is ſinne, mar bha Iſaac, clann a' gheallaidh.

29 Ach amhuil mar a rinn eiſean a rugadh reir na feòla, ſan àm ſin geurleanmhuin air-ſin *a rugadh* do reir an Spioraid, is amhuil ſin *ata* 'noiſe mar an ceudna.

30 Ach, creud a deir an ſgriobtuir? Tilg amach a' bhan-tràill agus a mac: oir cha bhi mac na ban-tràill' 'n a oighre maille re mac na mnàſaoire.

31 Uime ſin, a bhràithre, cha ſinne clann na ban-tràille, ach na mnà-ſaoire.

CAIB V.

1 *'Ta è 'g am broſnachadh gu ſeaſamh 'n an ſaorſa,* 3 *agus gun an timchioll-ghearradh a ghnàthachadh:* 13 *ach roghuinn a dheanamh do ghràdh, ni a' sè coi'-lionadh an lagha:* 19 *tha è a' cur ſios oibridh na feòla,* 22 *agus ag ainmeachadh toraidh an Spioraid;* 25 *agus † 'g an earalachadh chum gluaſachd ſan Spiorad.*

UIME ſin ſeaſaibh gu daingean ann ſan t ſaorſa leis an d' rinn Crioſd ſaor ſinn, agus na bithibh a-rìs air bhur cuibhreachadh le cuing na daorſa.

2 Fèuch, a deiream-ſa Pòl ribh, ma thimchioll-ghearrar ſibh, ni 'm bi tairbhe air bith dhuibh ann an Crioſd.

3 Oir ata mi a-rìs a' deanamh fia'nais do gach uile dhuin' a thimchioll-ghearrar, gu bheil a dh' fhiachaibh air an lagh gu h iomlan a choi'-lionadh.

4 Cha 'n 'eil ‡ tairbhe ſam bith ann Crioſd dhuibhſe, a 'ta air bhur ſireanachadh tre 'n lagh; thuit ſibh o ghràs.

5 Oir ata ſinne tre 'n Spiorad a' feitheamh re dòchas ſireantachd o chreidimh.

6 Oir ann Ioſa Crioſd, cha 'n 'eil eifeachd ſam bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-thimchioll-ghearradh, ach ann creidimh a dh' oibricheas tre ghràdh.

7 Is maith a ruidh ſibh, co a bhac ſibh o bhi umhal do'n fhìrinn?

8 Cha *d' thainig* an impidh ſo o'n ti a 'ta 'g ar gairm.

9 § Geu-

* 'ta ni eile r'a thuigſin afda. † a' cur impidh orra. ‡ rinneadh Crioſd gun tairbhe dhuibh.

9 * Geuraichidh beagan làibhin am meall uile.

10 'Ta muinghin agam aſaibh ſan Tighearna, nach bi ſibh dh' aon dòigh air atharrachadh inntin: ach an ti a ta cur dragh' oirbh, giùlainidh sè *a* bhreitheanas, co air bith è.

11 Agus miſe, a bhràithre, ma ſhearmonaicheam an thimchioll-ghearradh † fòs; c'ar ſon a nithear fòs geur-leanmhuin orm? ann ſin bhiodh ‡ ſgaineil § na croiche air a cur air cùl?

12 B' fhearr leam gu'm biodh iadſan a 'ta cur ‖ mi-ſhuaimhneis oirbh eadhon air an gearradh ** *uaibh.*

13 Oir, a bhràithre, ghairmeadh chum ſaorſa ſibh; amhàin na *deanuibh* an t ſaorſa 'n a cion-fàth do'n fheoil, ach le gràdh deanaibh ſeirbhis d'a chéile.

14 Oir ata an lagh uil' air a choi'-lionadh ann aon fhocal, *eadhon* ann ſo; Gràdhaichidh tu do choimhearſnach mar thu fein.

15 Ach ma bhios ſibh a' †† teumadh agus ag itheadh a chéile, thugaibh aire nach claoidhear leis a chéile ſibh.

16 *So* deiream ma ſeadh, ‡‡ Gluaiſibh ſan Spiorad, agus cha choi'-lion ſibh §§ ain-mhiann na feòla.

17 Oir ata an fheoil a' miannachadh ann aghaidh an Spioraid, agus an Spiorad ann aghaidh na feòla: agus ata iad ſin ann aghaidh a chéile; ionnas nach fuigh ſibh na nithe bu mhiann libh a dheanamh.

18 Ach ma threòraichear leis an Spiorad ſibh, cha'n 'eil ſibh fuidh 'n lagh.

19 'Noiſe 'ta oibre na feòla follaſach, a's iad *ſo*, adhaltrannas, ſtrìopachas, neo-ghloine, macnus,

20 Iodhol-àdhradh, buitſeachas, naimhdeas, connſachadh, ||| co'-fharpuis, fearg, coi'-ſtribh, ai'-reite, eireacachd,

21 Farmad, morta, meiſg, *** geòcaireachd, agus an leithide ſin: mu bheileam ag innſeadh dhuibh roimh làimh, mar a dh' innis mi dhuibh cheana mar an ceudna, nach ſealbhaich iadſan a ni an leithide ſin rioghachd Dhe mar oighreachd.

22 Ach is è toradh an Spioraid gràdh, aoibhneas, ſiothchaint, fadfhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh,

23 ††† Macantas, ‡‡‡ meaſarrachd: ann aghaidh an ſamhuil ſin ni bheil lagh.

24 Agus iadſan a's le Crioſd, cheus iad an fheoil, maille r'a h antograibh agus a §§§ miannaſaibh.

25 Ma's beo dhuinn ſan Spiorad, |||| gluaiſeamaid ſan Spiorad mar an ceudna.

26 Na bitheamaid **** cionail air glòir dhiomhaoin, a' broſnachadh a chéile, a' gabhail farmaid r'a chéile.

CAIB. VI.

1 *Tha è 'g iarraidh orra buntain gu sèimh re bràthair a thuiſlich,* 2 *agus uallach a chéil' a ghiùlan,* 6 *bhi tabhartach d' an luchd-teagaiſg,* 9 *agus gun ſgìtheachadh do mhaith a dheanamh:* 12 *ata è nochdadh ciod gus am bheil iadſan a 'ta ſearmonachadh an timchioll-ghearraidh: cha dean è fein uaill a ni ſam bith ach a crann-ceuſaidh Chrioſd.*

A Bhràithre, ma ghlacar neach ann coire air bith gu h obann, ſibhſe a'ta ſpioradail, togaibh ſuas a ſhamhuil ſin do dhuine, ann ſpiorad na †††† macantais; a' toirt aire dhuit fein, nach buairear thu mar an ceudna.

2 Giù-

* Gortaichidh. † fathaſt'. ‡ oilbheum. § a' chroinn-cheuſaidh. ‖ dragha. ** as †† gearradh. ‡‡ Siùbhlaibh. §§ an-togradh. ‖‖ co'-mortus. *** craos. ††† ceannſachd. ‡‡‡ ſtuaim. §§§ h ain-mhiannaibh. |||| ſiùbhlamaid. **** deidheil. †††† ceannſachd.

2 Giùlainibhſe uallacha a chéile, agus mar ſin coi'-lionaibh lagh Chrioſd.

3 Oir ma ſhaoileas duine gur ſi eigin è fein, gun bhi ann ach neoni, 'ta è 'g a mhealladh fein.

4 Ach dearbhadh gach neach obair fein, agus ann ſinn bithidh àdhbhar * gàirdeachais aige † d'a thaobh fein amhàin, agus ni h ann a thaobh neach eile.

5 Oir giulainidh gach neach uallach fein.

6 ‡Pàirticheadh an neach a 'ta air a theagaſg ſan fhocal, ris an neach a 'ta 'g a theagaſg, ann ſna h uile nithibh maithe.

7 Na meallar ſibh; cha deanar fanoid air Dia: oir ge b'è ni a ſhiolchuireas duine, an ni ceudna buainidh sè.

8 An ti a chuireas d'a fheoil fein, buainidh sè o'n fheoil truaill'eachd: ach an ti a chuireas do'n Spiorad, buainidh sè o'n Spiorad a' bheatha ſhuthainn.

9 Agus na ſgìthicheamaid do mhaith a dheanamh: oir ann àm iomchu'idh buainidh ſinn, mur fannaich ſinn.

10 Uime ſin reir mar ata ‖ fàth againn, deanamaid maith do na h uile dhaoinibh, ach gu h àraid dhoibhſin a 'ta do theaghlach a' chreidimh.

11 'Ta ſibh faicſin mèud na litreach a ſgriobh mi dhuibh le m làimh fein.

12 Mhèud le 'm miann iad fein a thaiſbeanadh gu ſgiamhach ſan fheoil, ata iad 'g ar n eigneachadh chum bhi air bhur timchioll-ghearradh; amhàin chum nach deantadh geur-leanmhuin orr' air ſon crann-ceuſaidh Chrioſd.

13 Oir ni 'm bheil iadſan fein a 'ta air an timchioll-ghearradh ag coimhead an lagha; ach is àill leo ſibhſe bhi air bhur timchioll-ghearradh, chum as gu dean iad uaill ann bhur feoil.

14 Ach nar leigeadh Dia gu deanainnſe uaill ach ann crann-ceuſaidh ar Tighearna Ioſa Crioſd, tre 'm bheil an ſaoghal air a cheuſadh dhamh-ſa, agus miſe do'n t ſaoghal.

15 Oir ann Ioſa Crioſd ni 'm bheil eifeachd air bith ann timchioll-ghearradh, no ann neimh-thimchioll-ghearradh, ach ann creatuir nuadh.

16 Agus mhèud 's a ſhiùbhlas a reir na riaghail ſo, ſiothchaint, orra, agus tròcair, agus air Iſrael De.

17 O ſo amach na cuireadh neach ſam bith dragh orm; oir ata mi giùlan ann mo chorp comharthaidh an Tighearn' Ioſa.

18 A bhràithre, *gu raibh* gràs ar Tighearna Ioſa Crioſd maille r'ar ſpiorad. Amen.

LITIR an ABSTOIL PHOIL chum nan EPHESIANACH.

CAIB. I.

1 *'N diaigh fàilte,* 3 *agus breithbuidheachais air ſon nan Ephesianach,* 4 *tha è labhairt mu thaghadh,* 6 *agus uchd-mhacachd thaobh gràis,* 11 *ni a's è am fior thobar o 'm bheil ſlàinte a' chinne'-daonna ag fruthadh.* 13 *Agus do bhri' nach 'eil è furus ruigheachd air àirde an rùin-diomhair ſo,* 16 *tha è guidheadh,* 18 *iad a theachd chum a làn eòlais,* 20 *agus a ſheilbh ann an Crioſd.*

POL

* uaill. † ann fein. ‡ comh.roinneadh. ‖ co'throm.

POL abſtol Ioſa Crioſd tre thoil De, chum nan naomh a 'ta ann Fpheſus, agus nan creidmheach ann Ioſa Crioſd :

2 Gràs dhuibhſe, agus ſiothchaint o Dhia ar n Athair, agus o'n Tighearna Ioſa Crioſd.

3 Beannuichte *gu raibh* Dia agus Athair ar Tighearna Ioſa Crioſd, a bheannuich ſinne leis gach uile bheannachadh ſpioradail ann an *ionadaibh* neamhaidh ann Crioſd :

4 Amhuil mar a thagh è ſinne ann-ſan, mun do leagadh bunadh an t ſaoghail, chum gu'm bitheamaid naomha, agus neo-choireach 'n a làthair-ſin ann gràdh :

5 Air dha ſinne a roimh-òrduchadh chum uchd-mhacachd na cloinne tre Ioſa Crioſd dha fein, a reir deadh-ghean a thoile,

6 Chum cliu glòire a ghràis, tre an d'rinn è ſinne taitneach ann a *Mhac* gràdhach :

7 Ann s am bheil againne * ſaorſa tre fhuil-ſin, maitheanas nam peacaidh, reir ſaibhreis a ghràis ;

8 Ann s an raibh è ro-phailte dhuinne ſan uile ghliocas, agus thuigſe,

9 Air dha rùn-diomhair a thoile fhoillſeachadh dhuinne, reir a dheadh-ghean fein, † a chuir sè roimhe ann fein :

10 Chum ann am fritheala' coi'-liona' nan aimſire, gu 'n cruinnicheadh sè ann aon na h uile nithe ann Crioſd, araon *na nithe* a'ta air neamh, agus *na nithe* a'ta air talamh, *eadhon* ann-ſan:

11 Ann s an d' fhuair ſinne fòs oighreachd, air dhuinn bhi air ar roimh-òrduchadh reir rùin an ti ata 'g oibreachadh nan uile nithe reir comhairle a thoile fein ;

12 Ionnas gu 'm bitheamaid-ne a chuir air tùs dòchas ann Crioſd, chum cliu a ghlòire-fin.

13 Ann s *an do chuir* ſibhſe mar an ceudna *dòchas*, air cluinntin duibh focal na fìrinn, *eadhon* ſoiſgeul bhur ſlainte : neach taireis duibh creidſin ann, chuireadh ſeula oirbh le Spiorad naomha ſin a' gheallaidh,

14 Neach is è ‡ geall-daingnich ar n oighreachd-ne, gu *teachd* ſaorſa na ſeilbh' § a cheannachadh, chum cliu a ghlòire.

15 Uime ſin air cluinntin damh-ſa fòs bhur creidimh-ſe ann ſan Tigh. earna Ioſa, agus bhur gràidh do na h uile naoimh,

16 Ni 'n ſguiream a thoirt buidheachais air bhur ſon, ag toirt luadh oirbh ann am ùrnuighibh ;

17 Gu 'n d' thugadh Dia ar Tighearna Ioſa Crioſd, Athair na glòire, Spiorad a' ghliocais duibh agus an fhoillſeachaidh, ann còlas air-ſin :

18 Air do ſhùilibh bhur n inntin bhi air an ſoillſeachadh, chum fios a bhi agaibh creud è dòchas a ghairm-ſin, agus creud è ſaibhreas glòir' oighreachd-ſan ann ſna naomhaibh,

19 Agus creud è ro-mhèud a chumhachd d'ar taobh-ne a'ta creidſin, reir oibreachadh a thréin-neart ;

20 A dh' oibrich è ann Crioſd, 'n uair a thog sè o na marbhaibh è, agus a chuir sè 'n a ſhuidhe air a dheas-làimh fein è ann ſna *h ionadaibh* neamhaidh,

21 Gu ro-àrd os ceann gach uile uachdranachd, agus cumhachd, agus neart, agus tighearnas, agus gach ainm a dh' ainmichear, ni amhàin ſan t ſaoghal ſo, ach ſan *t ſaoghal* re teachd mar an ceudna :

22 Agus chuir è na h uile nithe fuidh a choſaibh, agus thug sè è *chum bhi* 'n a cheann os gach uile nithe do'n eaglais,

23 A'ta 'n a corp aige, lànachd an ti a'ta lionadh nan uile *nithe* ann ſna h uile.

* fnaſgladh: † a rùnaich. ‡ airleas: § dh' fhuaſgladh.

CAIB. II.

3 *Leis a choi'-meas r'a chéile ciod a bha sinn thaobh nàduir,* 5 *agus ciod ata sinn thaobh gràis,* 10 *tha è cur ann céill gu'n d' rinneadh sinn oir son dheadh oibridh; agus air dhuinn bhi air ar toirt am fogus tre Chriosd,* 11 *nach còir dhuinn ar beatha a chaitheamh mar Ghein-tilich,* 12 *agus mar choigrich, amhuil ann san àm a chuaidh seachad,* 19 *ach mar luchd-aonbhaile ris na naoimh, agus mar theaghlach Dhe.*

AGUS *bheothaich* è sibhse a bha marbh ann ea-ceartaibh agus am peacaibh,

2 * Ann san do ghluais sibh sna h amannaibh a chuaidh seachad, do reir gnàth' an t saoghail so, do reir prionnsa' cumhachd an aidheir, an spiorad a 'ta 'noise 'g oibreachadh ann clann na h eas-umhlachd.

3 'Measg an raibh againn uile mar an ceudna ar caithe'-beatha roimhe so, ann ain-mhiannaibh ar feòla, a' deanamh toil na feòla, agus † nan smuaintidh; agus bha sinn thaobh nàduir 'n ar cloinn na feirge, eadhon mar chàch.

4 Ach Dia, a 'ta saibhir ann tròcair, air son a mhòr ghràidh leis 'n a ghràdhaich è sinn,

5 Air bhi dhuinn fòs marbh am peacaibh, choi'-bheothaich è sinn maille re Criosd, (tre ghràs ata sibh air bhur slànuchadh)

6 Agus cho'-thog, agus cho'-shuidhich è sinn ann an an *ionadaibh* neamhaidh ann Iosa Criosd.

7 Chum gu'm foillsicheadh è ann sna linnibh re teachd saibhreas ro-phailt' a ghràis, ann caoimhneas d'ar taobh-ne tre Iosa Criosd.

8 Oir is ann a thaobh gràis ata sibh air bhur sàbhaladh, tre chreidimh; agus so ni h ann uaibh fein: *is è* ‡ tiodhlac Dhe è:

9 Ni h ann o oibribh, chum nach deanadh neach air bith uaill:

10 Oir is sinne obair-sin, air ar cruthachadh ann Iosa Criosd chum dheadh oibridh, a dh' ull'uich Dia roimh làimh chum gu 'n gluaiseamaid annta.

11 Uime sin cuimhnichibh, air bhi dhuibhse san aimsir a chuaidh thairis 'n ar Geintilich san sheoil, d'an goir'ear an neimh-thimchioll-ghearradh leo-san d'an goir'ear an timchioll-ghearradh làmh-dheanta san sheoil;

12 Gu raibh sibh san àm sin as eugmhais Chriosd, air bhi dhuibh 'n ar coigreachaibh do || cho'-fhlaitheachd Israeil, agus 'n ar coimheachaibh do chùmhnantaibh a' ghealladh, as eugmhais dòchais, agus gun Dia ann san t saoghal:

13 Ach a nise ann Iosa Criosd, ata sibhs' a bha roimhe so fad' o làimh, air bhur toirt am fogus tròd fuil Chriosd.

14 Oir is eisean ar siothchaint-ne, a rinn aon *dhinn* araon, agus a bhris sios balla meadhonach an eidir-dhealachaidh;

15 Air dha an naimhdeas a chur air cùl tre sheoil fein, *eadhon* lagh nan àitheanta, *a chuireadh sios* ann òrduighibh, chum gu'n deanadh sè ann fein, do dhias aon duine nuadh, a' deanamh siothchaint *mar sin;*

16 Agus gu 'n deanadh è réidh faraon iad re Dia ann aon chorp tròd a' chrann-ceusaidh, air dha an naimhdeas a mharbhadh leis sin:

17 Agus thainig sè agus shearmonaich è siothchaint dhuibhse a bha am fad, agus dhoibhsin a bha 'm fogus.

18 Oir tròd-sin tha araon slighe againn gu dol a steach tròd aon Spioraid chum an Athar.

19 'Noise uime sin cha'n 'eil sibh ni 's mò 'n ar coimhich agus 'n ar coigrich, ach 'n ar luchd-aonbhaile

* Ann an raibh sibh ag imeachd. † na h inntin. ‡ saor-ghibht. || cho'-chomunn.

bhaile ris na naomhaibh, agus 'n ar muintir-teaghlaich Dhe;

20 Agus ata fibh air bhur tog'ail fuas air bunadh nan abftol agus nam faidhean, air bhi do Iofa Criofd fein 'n a *chloich*-chinn na h oifinn;

21 Ann s a' bheil an aitreabh uile, ceangailte gu ceart r'a chéile, a' fàs fuas chum bhi 'n a teampull naomha fan Tighearna:

22 Ann am bheil fibhfe mar an ceudna air bhur co'-thog'ail fuas chum bhi 'n ar tigh comhnuidh do Dhia trid an Spioraid.

CAIB. III.

5 *Rinneadh an rùn-diomhair*, 6 *gu 'm biodh na Geintilich air an faoradh, fhoillfeachadh do Phòl;* 8 *agus thugadh an gràs dha-fan, fin a fhearmonachadh*: 13 *tha è 'g iarraidh orra gun iad a dh' fhannachadh air fon a thriobloid-fin*, 14 *agus tha è guidheadh*, 19 *iadfan a thuigsin mòr ghràdh Chriofd d'an taobh.*

AIR an àdhbhar fo, *'ta* mife Pòl prìofunach Iofa Criofd, air bhur fonfa, a Chinneacha;

2 Ma chuala fibh mu fhritheadh gràis De, a thugadh dhamh-fa d'ar taobh-fa:

3 Gu'n d' rinn sè aithnichte dhamh-fa tre * fhoillfeachadh, an rùn-diomhair (mar a fgriobh mi roimhe gu h aith-ghearr',

4 Leis am feud fibh air dhuibh a leughadh, m' eòlas ann rùn-diomhair Chriofd a thuigfin)

5 Ni ann an linnibh eile air nach d' thugadh fios do chlann nan daoine, mar ata è 'noife air fhoillfeachadh d'a abftolaibh naomha agus do na faidhibh trid an Spioraid;

6 Gu 'm biodh na Geintilich 'n an co'-oighreachaibh, agus 'n an co'-chorp, agus 'n an luchd co'-pairt d'a ghealla'-fan ann Criofd, trid an t foifgeil:

7 Air an d' rinneadh mife a'm' mhinifteir, a reir tiodhlaic' gràis De a thugadh dhamh, a reir oibreachadh eifeachdach a chumhachd-fan.

8 Dhamh-fa, a's lugha na 'n ti a's lugha do na naomhaibh uile, thugadh an gràs fo, faibhreas Chriofd nach feudar a rannfachadh, a fhearmonachadh a' meafg nan Geintileach;

9 Agus gu 'n deanainn foilleir do na h uile *dhaoinibh*, creud è comunn an rùin-diomhair fin, a bha folaichte ann Dia o thoifeach an t faoghail, a chruthaich na h uile nithe trid Iofa Criofd:

10 Chum gu'n deantadh aithnichte 'noife do uachdranaibh agus do chumhachdaibh ann an *ionadaibh* neamhaidh, leis an eaglais, gliocas † eagfamhuil Dhe,

11 Reir an rùin fhiorruidh a rùnaich sè ann Iofa Criofd ar Tighearna:

12 Ann s a' bheil againn dànachd agus flighe dol a fteach ann am muinghin trid a chreidimh-fin.

13 Uime fin ata mi 'g iarraidh oirbh nach fannaich fibh a leith mo thriobloidean-fa air bhur fon, ni a's è bhur glòir-fe.

14 Air an àdhbhar fo lûbam mo ghlûine do Athair ar Tighearna Iofa Criofd,

15 Air an ainmichear an teaghlach uile air neamh agus air talamh,

16 Gu'n deònaicheadh è dhuibh a reir faibhreis a ghlòire, bhi air bhur neartachadh le cumhachd, trid a Spioraid-fin ann fan duine 'n leith ftigh;

17 Ionnas gu 'n gabh Criofd comhnuidh ann bhur croidhe tre chreidimh; chum air dhuibh bhi air bhur freamhachadh, agus air bhur ‡ ftéidheachadh ann gràdh,

18 Gu 'm bi fibh comafach mailleris na naomhaibh uile, air a thuigfin creud è lèud, agus fad, agus doimhne, agus àirde;

19 Agus

* thaisbean. † iomadh-gnètheach.

‡ bonn-fhuidheachadh.

19 Agus air gràdh Chriosd aithneachadh, a chuaidh thar gach uile eòlas, chum as gu'm bi sibh air bhur lionadh le uile lànachd Dhe.

20 'Noise dha-san d'an comas gach uile nithe a dheanamh gu h anbarrach ro-phailt' thar gach ni a's urradh sinne iarruidh no smuaineachadh, do reir a' chumhachd a 'ta 'g oibreachadh gu h eifeachdach annainn,

21 Dha-san *gu raibh* glòir ann san eaglais trìd Iosa Criosd, air feadh gach uile linn, gu saoghal nan saoghal. Amen.

CAIB. IV.

1 *'Ta è 'g an earalachadh chum aonachd: 7 agus ag cur ann céill gu'n d' thug Dia chum na crìche so tiodhlacaidh eagsamhuil do dhaoinibh,* 13 *ionnas gu'm biodh eaglais air a tog'ail,* 16 *agus gu'm fasadh i suas ann Criosd:* 18 *Ata è 'g an gairm o neo-ghloine nan Geintileach,* 24 *chum an nuadh dhuine a chur umpa,* 25 *'g iarraidh iad a leigeadh bhreug dhiubh, agus comh-radh truaillidh.*

UIME sin ata mise prìosunach an Tighearna, a' guidheadh oirbh gu 'n gluais sibh gu cubhaidh do'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh;

2 Leis gach uile irioflachd-inntin agus macantas, maille re fad-fhulangas, a' giùlan le chéile ann an gràdh;

3 A' deanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann co'-bhann na siothchaint.

4 *Is* aon chorp agus aon Spiorad *ata ann,* amhuil fòs a ghairmeadh sibh ann aon mhuinghin bhur gairm;

5 Aon Tighearna, aon chreidimh, aon bhaiste,

6 Aon Dia agus Athair nan uile, a *'ta* os ceann gach uile, agus tre gach uile, agus annaibhse uile.

7 Ach thugadh gràs do gach aon againn a reir tomhais tiodhlaic' Chriosd.

8 Uime sin a deir sè, Air dol suas da ann àird', thug è bruid am braighdeanas, agus thug sè tiodhlacaidh do dhaoinibh.

9 ('Noise gu'n deachaidh è suas, creud è ach gu 'n deachaidh è air tùs sios gu ionadaibh iochdrach na talmhain?

10 An ti a chuaidh sios, is è sin fein è a chuaidh suas mar an ceudna gu ro-àrd os ceann nan uile neamha, chum gu 'n lionadh è na h uile nithe)

11 Agus thug è droing àraidh, gu bhi 'n an abstolaibh: droing eile, gu bhi 'n am faidhibh: agus droing eile, gu bhi 'n an soisgeulaichibh; agus droing eile, gu bhi 'n an * aodhairibh, agus 'n an luchd-teagaisg;

12 Chum na naoimh † a dheanamh iom-lan, chum obair na ministreileachd, chum tog'ail suas cuirp Chriosd:

13 Gus an d' thig sinn uile ann aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhe, chum duine iom-lan, chum tomhais àirde iomlanachd Chriosd:

14 Chum as nach bi sinn o so suas 'n ar leanabaibh, air ar tonnluasgadh, agus air ar giùlan mu'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaisg, le cleasachd dhaoine, *agus* seòltachd chealgach, leis am bheil iad gu h innleachdach a' luidheadh am plaid chum meallaidh:

15 Ach a' labhairt na firinn ann gràdh, gu'm fàs sinn suas ann sna h uile nithibh chuige-sin, a's è an ceann, *eadhon* Criosd:

16 O 'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dhlùthachadh trìd an ni sin a 'ta gach alt a' toirt uaithe, a reir oibreachadh eifeachdach ann tomhas gach

* buachaillibh. † a cheangal gu diongmhalta r'a chéile.

gach buill, a' faghail fès cuirp, chum 'a thog'ail fein suas ann gràdh.

17 So uime sin a deiream, agus guidheam am fia'nais an Tighearna, gun sibh a dh' im'eachd a fo suas mar ata na Geintilich eile ag im'eachd, ann diomhaoineas an inntin fein,

18 Aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh bhi 'n an coimhich do bheatha Dhe, thaobh an ain-eolais a 'ta annta, tre chruas an croidhe:

19 Muintir, air dhoibh am mothacha' chall, a thug iad fein thairis do *mhi-nàire, chum gach uile neo-ghloine chur ann gniomh le cìocras.

20 Ach cha d' fhòghluim sibhse Criosd mar so;

21 Ma chuala sibh è, agus ma theagaisgeadh leis sibh, mar ata an fhìrinn ann an Iosa:

22 Gu'n cuir sibh dhibh thaobh a' cheud chaithe'-beatha, an sean duine, a'ta truaillidh reir nan ain-mhianna cealgach:

23 Agus gu'm bi sibh air bhur nuadhachadh ann spiorad bhur n inntin:

24 Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a 'ta air a chruthachadh a reir Dhe am fìreantachd agus am fior naomhachd.

25 Uime sin air dhuibh a' bhreug a chur uaibh, labhraibh an fhìrinn gach neach r'a choimhearsnach: oir is buill sinn d'a chéile.

26 Biodh fearg oirbh, agus na peacaichibh: na luidheadh a' ghrian air bhur corruich:

27 Agus na tugaibh àite do'n diabhol.

28 An ti a ghoid, na goideadh è ni 's mò: ach gu ma fearr leis saothair a dheanamh, ag oibreachadh an ni a'ta maith le a làmhaibh fein, chum's gu'm bi aige ni r'a phàirteachadh ris an neach air am bheil uireasbhuidh.

29 Na d' thigeadh focal truaillidh air bith amach as bhur beul, ach an ni sin a 'ta maith chum deadh-fhòghluim, ionnas gu'n toir è gràs do'n luchd eisdeachd.

30 Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad naomha Dhe, leis an do chuireadh seula oirbh gu là na faorsa.

31 Biodh gach uile shearbhas, agus corruich, agus fearg, agus † gàrrthaich, agus toibheum air an tog'ail uaibh, maille ris gach uile mhi-run.

32 Agus bithibh caoimhneil teochroidheach d'a chéile, a' tabhairt maitheanais d'a chéile, eadhon mar a thug Dia mar an ceudna maitheanas dhuibhse ann Criosd.

CAIB. V.

2 *Taireis earaile coitchionn chum gràidh,* 3 *chum strìopachas a sheachnadh,* 4 *agus na h uile neo-ghloine,* 7 *gun cho'-luadar a chumail re daoinibh aingidh,* 15 *im'eachd gu faicilleach,* 18 *agus bhi air an lionadh leis an Spiorad,* 22 *tha è teachd chum labhairt mu dhleasdanasaibh sa leith, cionnas is còir do mhnaibh bhi umhal d' am fearaibh-pòsda,* 25 *agus is còir do na fir am mnài a ghràdhachadh,* 32 *eadhon mar ata Criosd a' deanamh r'a eaglais.*

UIME sin bithibhse 'n ar luchd-leanmhuin air Dia, mar chloinn ghràdhaich;

2 Agus gluaisibh ann gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Criosd sinne, agus a thug sè è fein air ar son, 'n a ofrail agus 'n a ìobairt deadh-bholaidh do Dhia.

3 Ach na biodh strìopachas, agus gach uile neo-ghloine, no sannt, uiread agus air an ainmeachadh 'n ar measg, mar is cubhaidh do naomhaibh:

4 No

* mhacnus. † àrd ghlaodhaich.

4 No * draoſdachd, no comhradh amaideach, no bao-ſhùgradh, nithe nach 'eil iomchu'idh: ach gu ma fearr *libh* breith-buidheachais.

5 Oir ata fios agaibh air ſo, nach 'eil aig ſtrìopaiche air bith, no aig neach neo-ghlan, no aig duine ſanntach, a 'ta 'n a ſhear iodhol-àdhraidh, oighreachd ann rioghachd Chrioſd, agus Dhe.

6 Na mealladh neach air bith ſibh le briathraibh diomhaoineach: oir air ſon nan nithe ſin ata fearg Dhe a' teachd air cloinn na h eas-umhlachd.

7 Na bithibhſe uime ſin 'n ar luchd co'-pairt riu.

8 Oir bha ſibh uair-eigin 'n ar dorchadas, ach a noiſe *'ta ſibh* 'n ar ſolus ſan Tighearna: gluaiſibh mar chloinn na ſoillſe,

9 (Oir *ata* toradh an Spioraid ann ſan uile mhaitheas, agus ionracas, agus fhìrinn)

10 A' dearbhadh ciod an ni a 'ta taitneach do'n Tighearna.

11 Agus na biodh co'-chomunn agaibh re oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr libh an cronachadh.

12 Oir is gràineil eadhon r'an innſeadh na nithe a 'ta air an deanamh leo os ìoſal.

13 Ach ata na h uile nithe a 'ta air an cronachadh, air an deanamh ſollaſach leis an t ſolus: oir gach uile ni do ni ſoilleir, is ſolus è.

14 Uime ſin a deir sè, Moſgail, thuſa a'ta d' chodal, agus eirich o na marbhaibh, agus bheir Crioſd ſolus duit.

15 Fèuchaibh uime ſin gu'n gluais ſibh gu faicilleach, ni h ann mar amadain, ach mar dhaoine glice,

16 A' fuaſgladh na h aimſir', do bhrì' gu bheil na làith' olc.

17 Air an àdhbhar ſin na bithibhſe neo-ghlic, ach a' tuigſin creud i toil an Tighearna.

18 Agus na bithibh air mheiſg le fion, ann s a' bheil an-barr'; ach bithibh air bhur lionadh do'n Spioraid:

19 A' labhairt ribh fein aun ſalmaibh, ann laoidhibh, agus ann cantaicibh ſpioradail, a' ſeinn agus a' deanamh ciuil ann bhur croidhibh do'n Tighearna,

20 A' toirt buidheachais a ghnà' air ſon nan uile nithe do Dhia agus do'n Athair, ann ainm ar Tighearna Iofa Crioſd;

21 Air dhuibh bhi umhal d'a chéile ann eagal De.

22 A mhnài, bithibhſe umhal d'ar fearaibh pòſda fein, mar do'n Tighearna.

23 Oir is è am fear ceann na mnà, eadhon mar is è Crioſd ceann na h eaglais: agus is eiſean ſlànuì'-fhear a' chuirp.

24 Uime ſin amhuil ata 'n eaglais umhal do Chrioſd, mar ſin *biodh* na mnài d' am fearaibh fein mar an ceudna ann s gach ni:

25 Fheara, gràdhaichibh bhur mnài fein, eadhon mar a ghràdhaich Crioſd fos an eaglais, agus thug sè è fein air a ſon:

26 Chum gu naomhaicheadh, agus gu'n glanadh sè i le ionnlad an uiſge tròd an fhocail,

27 Chum gu'n cuireadh e 'na làthair fein i 'n a h eaglais ghlòrmhoir, gun ſmal gun † phreaſa', no ni air bith d'an leithidibh ſin; ach chum gu'm biodh i naomha, agus ‡ neo-lochdach.

28 Is amhluidh ſin is còir do na fearaibh am mnài fein a ghràdhachadh, mar an cuirp fein: an ti a ghràdhaicheas a bhean, tha è 'g a ghràdhachadh fein.

29 Oir cha d' thug duine air bith riamh fuath d'a fheoil fein; ach altrumaidh agus ‡ eiridnidh sè i, amhuil mar ata an Tighearna deanamh do'n eaglais:

30 Oir

* càinnt ſhalach. † chaſadh. ‡ gun ghò. ‡ giullaichdidh.

30 Oir is buill sinn d'a chorp, d'a theoil, agus d'a chnàmhaibh-sin.

31 Air an àdhbhar so fagaidh duine athair agus a mhàthair, agus lù'-leanaidh sè r'a mhnaoi, agus bithidh an dias 'nan aon fheoil.

32 Is diomhaireachd mhòr so: ach abhram mu Chriosd agus an eaglais.

33 Gidheadh, thugadh gach aon agaibhse fa leith gràdh d'a mhnaoi mhuil mar dha fein; agus *feuchadh* a' bhean gu'n d' thoir si urram d'a fear.

CAIB. VI.

1 *Dleasdanas cloinne d'am pàrantaibh,* 5 *sheirbhiseach d'am maighisdiribh.* 10 *Is cogadh ar beatha,* 12 *ni 'mhàin ann aghaidh fola agus feòla, ach mar an ceudna 'n aghaidh naimhde spioradail.* 13 *Airm a' chriosdaidh,* 18 *agus cionnas is còir an gnàthachadh.* 21 *Tha Tichicus air a mholadh.*

A Chlann, bithibhse umhal d'ar pàrantaibh fein san Tighearna: oir ata so ceart.

2 Thoir onoir do t Athair agus do d' mhàthair, (is i so a' cheud aithne le gealla')

3 Chum 's gu 'm bi rath ort, agus gu'm bi thu fad-shaoghalach air an talamh.

4 Agus aithreacha, na brosnaichibh bhur clann chum feirge: ach togaibh iad ann oilean agus ann teagasg an Tighearna.

5 A shearbhanta, bithibh umhal d'ar maighisdiribh reir na feòla, le * faitchios agus crith, ann treibhdhireachd bhur croidhe, mar do Chriosd:

6 Ni h ann le sùil-sheirbhis, mar dhroing a ni toil dhaoine, ach mar sheirbhisich Chriosd, a' deanamh toil De o'n chroidhe;

7 Le deadh thoil a' deanamh seirbhis, mar do'n Tighearna, agus ni h ann do dhaoinibh:

8 Air dhuibh fios a bhi agaibh, ge b'è maith air bith a ni aon neach, gu'm fuigh è an ni so fein o'n Tighearna, ma 's saor no daor è.

9 Agus a mhaighisdiridh, deanaibhse na nithe ceudna dhoibhsin, a' leigeadh dhibh bagraidh: air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil bhur maighisdir fein air neamh mar an ceudna, agus cha'n 'eil gnùis-bhreith maille ris.

10 Fa dheoidh, mo bhràithre, bithibh làidir san Tighearna, agus ann an neart a chumhachd-san.

11 Cuiribh umaibh uil' armachd Dhe, chum's gu'm bi sibh comasach air seasamh ann aghaidh cuilbheirtidh an diabhoil.

12 Oir ni 'm bheil sinn a' gleachdadh re fuil agus feoil, ach re uachdranachdaibh, re cumhachdaibh, re prionnsuibh dorchadais an t saoghail so, re aingidheachd spioradail ann an *ionadaibh* àrda.

13 Uime sin glacaibh d'ar n ionnsuidh uil' armachd Dhe, chum's gu'm bi sibh comasach air seasamh ann aghaidh *a' bhuairidh* san droch là, agus air dhuibh gach uile nithe a dheanamh, chum seasamh.

14 Seasaibh uime sin, air bhi d'ar leasraidh air an criosrachadh le firinn, agus uchd-éididh † na fireantachd umaibh;

15 Agus ullamhacha' soisgeil na siothchaint, mar bhròga agaibh air bhur cosaibh;

16 Os ceann gach uile ni, a' glacadh chugaibh sgiath a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde teinteach an droch *Spioraid* a chosgadh.

17 Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus cloidheamh an Spioraid, ni a's è briathar Dhe:

18 A' deanamh ùrnuigh a ghnà' leis gach uile ghnè ùrnuigh agus athchuinge san Spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni so fein maille

* h eagal.

† an ionracais.

maille ris gach uile bhuanachadh, agus guidheadh air ſon nan naomh uile;

19 Agus air mo ſhon-ſa, chum gu tiubhrar dhamh comas labhairt, le foſgladh mo bheoil ann dànachd, chum gu foillſicheam diomhaireachd an t ſoiſgeil:

20 Air ſon am bheileam a'm' theachdoire ann geimhlibh: chum 's gu labhram gu dàna uime, mar is còir dhamh labhairt.

21 Ach a chum gu 'm bi fhios agaibhſe ſòs air na nithibh a bhuineas damh-ſa, *agus* cionnas ata mi, foillſichidh Tichicus, brathair gràdhach agus miniſteir fìrinneach ſan Tighearna, na h uile nithe dhuibh.

22 Neach a chuir mi d'ar ionnſuidh air ſon an àdhbhair ſo fein, chum gu'm biodh fios na' nithe a bhuineas duinne agaibh, agus gu'n d' thugadh è co'-fhurtachd d'ar croidhe.

23 Siothchaint *gu raibh* do na bràithribh, agus gràdh maille re creidimh o Dhia an t Athair, agus an Tighearna Iofa Crioſd.

24 *Gu raibh* gràs maille riu-ſan uile a 'ta gràdhachadh ar Tighearna Iofa Crioſd ann tre'-dhireas. Amen.

Litir an ABSTOIL PHOIL chum nam PHILIPPIANACH.

CAIB. I.

3 *Tha è cur ann céill a thaingealachd do Dhia, agus a ghràidh dhoibhſin, air ſon toraidh an creidimh, agus an co'-pairt 'n a fhulangas,* 9 *A' deanamh ùrnuigh a ghnà' re Dia gu'm fùſadh iad ann gràs:* 12 *Tha è nochdadh an tairbhe a fhuair creidimh Chrioſd o fhulangas-ſan ann ſan ſòimh,* 21 *agus co'-toileach 's ata è air Crioſd a ghlòrachadh, le a bheatha no le bhàs:* 27 *tha è 'g an earalachadh chum aonachd inntin,* 28 *agus treubhantais-fuidh gheur-leanmhuin.*

POL agus Timoteus ſeirbhiſich Iofa Crioſd, chum nan naomh uile ann Iofa Crioſd, a 'ta ann am Philippi, maille ris na h easbuigibh agus na * deacoinibh:

2 Gràs dhuibhſe agus ſiothchaint o Dhia ar n Athair, agus o 'n Tighearna Iofa Crioſd.

3 'Tà mi toirt buidheachais do m' Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh,

4 (A ghnà' ann am uile ùrnuighibh air bhur ſon-ſa uile, le gàirdeachas a' deanamh guidheadh)

5 Air ſon bhur comh-pairt do 'n t ſoiſgeul, o'n cheud là gus a noiſe;

6 Air dhamh bhi dearbhta as an ni ſo fein, eadhon an ti a thòſaich deadh obair annaibh, gu'n coi'-lion sè i gu là Iofa Crioſd:

7 Eadhon mar is còir dhamh-ſa ſo a ſmuainteachadh umaibh uile, do bhri' gu bheil ſibh agam ann mo chroidhe, agus gu bheil ſibh uile 'n ar luchd comh-pairt do m' ghràs-ſa, faraon ann mo gheimhlibh, agus ann an ſeaſamh air ſon, agus ann an daingneachadh an t ſoiſgeil.

8 Oir is è Dia m' fhia'nais, cia mèud mo † mhiann oirbh uile, ann an innibh Iofa Crioſd.

9 Agus ata mi a' guidheadh ſo, *eadhon* gu'm biodh bhur gràdh-ſa air a meheudachadh ni 's mò agus ni 's mò ann eòlas, agus *ann* uile thuigſe:

10 Chum

* foirfeachaibh.

† dheidh.

10 Chum's gu 'n dearbh fibh na nithe a's fearr; chum's gu'm bi fibh tre'-dhìreach, agus gun tuifleadh air bith gu là Chriofd;

11 Air bhur lionadh le toraibh na fìreantachd, a 'ta tre Iofa Criofd chum glòir' agus moladh Dhe.

12 Ach is àill leam, a bhràithre, fios a bhi agaibh, na nithe *a tharladh* dhamh-fa, gur mò a dh' eirich leo an foifgeul a chur air aghaidh:

13 Ionnas gu bheil mo gheimhlidhfe ann Criofd iomraiteach ann fa phàlais uile, agus ann s gach uil' *àit*' eile;

14 Agus ata mòran do na bràithribh fan Tighearn' a' gabhail mifnich o m' gheimhlibh, leis an tuilleadh mòr dànachd a' labhairt an fhocail as eugmhais eagail.

15 'Ta cuid gu dearbh a' fearmonachadh Chriofd fòs tre fharmad agus ftri'; agus cuid eile tre dheadhthoil.

16 'Ta aon dream a' fearmonachadh Chriofd tre chonnfpoid, ni h ann gu tre'-dhireach, a' faoilfin triobloid a chur re m' gheimhlibhfe:

17 Ach an dream eile o ghràdh, air dhoibh fios a bhi aca gur chuireadh mife chum feafamh air fon an t foifgeil.

18 Creud ma 'ta? gidheadh air gach aon chor, co ac' is ann an cos'las amhàin, no do rìreadh, ata Criofd air a fhearmonachadh; agus air a fhon fo 'ta mife a' deanamh gàirdeachais, agus fòs do ni mi gàirdeachas.

19 Oir ata fhios agam gu'n d' thig fo chum flàinte dhamh-fa tre bhur n ùrnuigh-fe, agus frithealadh Spioraid Iofa Criofd,

20 Reir mo ro-dhùil, agus *mo* dhòchas, nach cuir'ear nàire orm ann ni air bith, ach leis an uile dhànachd-labhairt, mar a ghnà', gu'm bi Criofd 'noife fòs air àrdachadh a' m' chorp-fa, ma's tre bheatha no tre bhas.

21 Oir dhamh-fa bhi beo *is* è fin Criofd, agus am bàs fhaghail *is* buannachd dhamh fin.

22 Ach ma's beo dhamh fan fheoil, *'s* è fo toradh m' oibre: ach creud d'an dean mi roghuinn, ni 'm fios damh.

23 Oir tha mi air mo theannachadh eidear dhà ni, air dhamh bhi togarrach chum fiubhal, agus bhi maille re Criofd; oir is è fo a 's ro-fhearr:

24 Gidheadh, 's è mi dh' fhantuin fan fheoil, *a's* feumaile dhuibhfe.

25 Agus air bhi dhamh earbfach ann fo, 'ta fhios agam gu'm fuirich mi agus gu'n comhnuich mi maille ribh uile, chum bhur cur-fa air aghaidh, agus chum gàirdeachais a' chreidimh:

26 Chum gu'm bi bhur gàirdeachas ni, 's pailte ann Iofa Criofd do m' thaobh-fa, air fon mi bhi a rìs a làthair maille ribh.

27 Amhàin caithibh bhur beatha gu cubhaidh do fhoifgeul Chriofd: chum co ac' a thig mi agus a chi mi fibh, no a bhios mi as làthair, gu'n cluinn mi mu 'r timchioll, gu bheil fibh a' feafamh gu daingean ann aon fpiorad, le aon inntin, a' gleacadh le chéile air fon creidimh an t foifgeil;

28 Gun ghioraig ann ni fam bith oirbh o bhur naimhdibh: ni a'ta dhoibhfin 'n a chomhartha cinnteach air fgrios, ach dhuibhfe air flàinte, agus fin o Dhia.

29 Oir * thiodhlaiceadh dhuibhfe air fon Chriofd, ni h è 'mhàin creidfin ann, ach mar an ceudna fulang air a fgà';

30 Air dhuibh an comhrag ceudna bhi agaibh a chunnairc fibh annam-fa, agus a 'tà fibh 'noife a' cluinntin *a bhi* annam.

* thugadh.

CAIB. II.

1 *Tha è 'g an earalachadh chum aonachd, agus irioslachd inntin, le eisempleir ìsleachaidh agus àrdachaidh Chriosd;* 12 *chum iad a dhol air an aghaidh gu cùramach ann an slighe na slàinte, ionnas gu 'm biodh iad 'n an solus do'n t saoghal aingidh,* 16 *agus 'n an co'-fhurtachd dha-san an abstol san, neach a 'ta ullamh eadhon chum bhi air ìobradh suas do Dhia.* 19 *Tha dùil aige Timoteus a chur d'an ionnsuidh, neach ata è moladh gu mòr;* 25 *Epaphroditus mar an ceudna, a 'ta è cur d'an ionnsuidh air ball*

UIME sin ma 'ta co'-fhurtachd air bith ann Criosd, ma 'ta sòlas air bith gràidh, ma 'ta co'-chomunn air bith an Spioraid, ma 'ta * truas air bith agus tròcaire;

2 Coi'-lionaibh mo ghàirdeachas, chum as gu'm bi sibh a dh' aon inntin, a dh' aon ghràdh, a dh' aon † tuigse, a dh' aon bhreithneachadh.

3 *Na deanar* aon ni tre chonnspoid, no tre ghlòir dhiomhaoin, ach ann ‡ umhlachd inntin measadh gach aon gur fearr neach eile na è fein.

4 Na seallaibh gach aon air na nithibh sin a bhuineas da fein, ach gach aon air na nithibh a bhuineas do dhaoinibh eile mar an ceudna.

5 Uime sin biodh an inntin cheudna annaibhse, a bha fòs ann Iosa Criosd:

6 Neach air bhi dha ann an cruth Dhe, cha do mheas è 'n a reubuinn è fein bhi coi'-ionunn re Dia:

7 Ach chuir sè è fein ann neomheas, agus ghabh sè air fein dreach seirbhisich, agus rinneadh è ann cos'las dhaoine:

8 Agus air dha bhi air fhaghail ann § cruth mar dhuine, dh' irioslaich sè è fein, agus bha è umhal gu bàs, eadhon bàs ‖ na croiche.

9 Air an àdhbhar sin dh' àrdaich Dia è gu ro àrd mar an ceudna, agus thug sè dha ainm os ceann gach uil' ainm:

10 Chum do ainm Iosa gu 'n lùbadh gach uile ghlùn, do *nithibh a 'ta* air neamh, agus do *nithibh a 'ta* air talamh, agus do *nithibh a 'ta* fa 'n talamh;

11 Agus gu 'n aidmhicheadh gach teanga gur è Iosa Criosd an Tighearna, chum glòir' Dhe an Athar.

12 Uime sin, a mhuintir mo ghràidh, mar a bha sibh umhal a ghnà', ni amhàin a'm' làthairse, ach a noise gu ro-mhòr ni 's mò as mo làthair; làn-oibrichibh bhur slàinte fein le h eagal agus ball-chrith.

13 Oir is è Dia a dh' oibricheas annaibh, faraon an toil agus an ** gniomh reir a dheadh-ghean fein.

14 Deanaibh gach uile nithe gun mhonmhor, agus gun deasboireachd:

15 Chum as gu'm bi sibh neochoireach, agus neo-chronail, 'n ar cloinn do Dhia, neo-lochdach, am meadhon ginealaich fhiar agus †† chrosda, measg am bheil sibhse a' dealrachadh mar ‡‡ lôchrain sholuis san t saoghal:

16 A' cumail amach focal na beatha; chum gu 'n deanam-sa uaill ann là Chriosd, do bhri' nach do ruidh mi gu diomhaoin, agus nach do shaothraich mi gu diomhaoin.

17 Seadh agus ma ìobrar mi air ìobairt agus seirbhis fhollasach bhur creidimh-se, 'ta aoibhneas orm, agus deanam gàirdeachas maraon ribhse uile.

18 Air an àdhbhar cheudna biodh aoibhneas oirbhse, agus deanaibh gàirdeachas maraon riumsa.

19 Ach

* tiom-chroidheachd. † toil ‡ irioslachd. § fioghair dhuine. ‖ a' chroinn-cheusaidh. ** deanamh. †† chrosanta. ‡‡ lampuidh soillse.

19 Ach ata dòchas agam ann san Tighearna Iosa, Timoteus a chur gu gaoraid d' ar ionnsuidh, chum as gu 'm bitheamsa sòs ann deadh mhisnich, air dhamh fios fhaghail ciod is cor duibhse.

20 Oir ni bheil duin' ail bith agam coi'-ionunn inntin *ris-sin*, air am bi cùram nan nithe a bhuineas dhuibhse gu dùrachdach.

21 Oir ata na h uile ag iarraidh nan nithe a bhuineas doibh fein, ni h iad na nithe a bhuineas do Iosa Criosd

22 Ach is aithne dhuibh a dhearbha'-san, mar mhac d' athair, gu n d' rinn è seirbhis maille riumsa ann san t soisgeul.

23 Uime sin tha dùil agam e'sean a chur d'ar ionnsuidh air ball, 'nuair a bhios fhios agam ciod is cor dhamh fein.

24 Ach tha dòchas agam ann san Tighearna, gu 'n d' thig mi fein d'ar ionnsuidh chlisge mar an ceudna.

25 Gidheadh mheas mi gu'm b' fheumail Epaphroditus mo bhràthair, agus mo cho'-oibriche, agus mo cho -fhaighd-fhear, ach bhur teachdoire-se, agus an ti a fhritheail do m' uireasbhuidh, a chur d'ar ionnsuidh.

26 Oir bha deidh mhòr aig' oirbh uile, agus bha e làn tuirse, do bhri' gu 'n cuala sibhse gu'n raibh è tinn.

27 Agus gu deimhin bha è tinn fogus do 'n bhàs: gidheadh rinn Dia trocair air; agus ni air-sin amhàin, ach ormsa mar an ceudna, chum nach biodh doilgheas air mum doilgheis orm.

28 Uime sin bu togarraiche a chuir mi *d'ar ionnsuidh* è, chum air dhuibh fhaicsin a-ris, gu m biodh aoibhneas oirbh, agus gu'm bu lughaide mo mhulad-sa.

29 Air an aobhar sin gabhaibh ris san Tighearna leis an uile fhubhachas, agus biodh meas mòr agaibh air an leithidibh sin:

30 Do bhri' air son obair Chriosd gu raibh è dlùth do'n bhàs, agus cha raibh suim aige d'a * anam fein, chum gu'n deanadh è suas uireasbhuidh bhur seirbhis-se do m' thaobh-sa.

CAIB. III.

1 *Tha è toirt rabhaidh dhoibh bhi air am faicill o luchd-teagaisg breige an timchioll ghearraidh,* 4 *a' nochdadh gu bheil aige fein tuilleadh àdhbhair na aca-san, earbsadh a fhìreantachd an lagha;* 7 *ni gidheadh a'ta è meas mar aolach agus chall chum Iosa Criosd agus fhìreantachd-san a chosnadh:* 12 *'ta è 'g aid'eachadh a neo-fhoirfeachd fein ann san ni so:* 15 *agus ag earail orra-san an inntin so bhi aca,* 17 *agus eisempleir-sin a leantuin,* 18 *agus slighe chriosduidhean feòlmhor a sheachnadh.*

A dheoidh, mo bhràithre, dean naibh gairdeachas san Tighearna. Gu deimhin ni 'n doilich leamsa na nithe ceudna a sgriobhadh d ar n ionnsuidhse, ach dhuibhse 'ta so † tearuinte.

2 Bithibh air bhur faicill o mhadraibh, bithibh air bhur faicill o dhroch luchd-oibre, coimheadaibh fibh fein o'n cho'-ghearradh.

3 Oir is sinne an timchioll-ghearradh, a 'ta deanamh àdhraidh do Dhia san Spiorad, agus a' deanamh gairdeachais ann Iosa Criosd, agus nach 'eil a' cur muinghin san fheoil:

4 Ge do dh' fheudainnse mar an ceudna muinghin bhi agam san fheoil. Ma shaoileas aon neach eile gu'm feud e muinghin chur san fheoil, is mò *na sin a dh' fheudas* mise:

5 Air mo thimchioll-ghearradh air an ochdmha' là, do chinneach Israeil

* bheatha. † sàbhalta.

Ifraeil, do threibh Bheniamin, a'm' Eabhruidheach do na h Eabhruidheachaibh ; a reir an laghà, a'm' Phairiſeach ;

6 Thaobh èud, a' deanamh geurleanmhuin air an eaglais ; reir na fìreantachd a 'ta ſan lagh, neochoireach.

7 Ach na nithe a bha dhamh-ſa. 'nam buannachd, mheas mi iad ſin 'n an call air ſon Chrioſd.

8 Seadh gun amharus, agus meaſam na h uile nithe 'n an calldach, air ſon * ro-òirdheirceis eòlais Ioſa Crioſd mo Thighearna : air ſon an d' fhuiling mi call nan uile nithe, agus meaſam gur aolach iad chum † gur è mo bhuannachd Crioſd,

9 Agus gu fuighear ann mi, gun m' fhìreantachd fein agam, a 'ta o'n lagh, ach *an fhìreantachd* ſin a 'ta tre chreidimh Chrioſd, an fhìreantachd a'ta o Dhia tre chreidimh :

10 Chum eòlas a bhi agam air-ſin, agus air cumhachd ais-eirigh-ſin, agus *air* co-chomunn fhulangais, air bhi dhamh ‡ air mo chur ann cos'lachd cruth' r'a bhas ;

11 Dh' fhèuchain am feudainn air aon chor teachd chum ais-eirigh nam marbh :

12 Cha 'n è gu'n d' rainig mi cheana, no gu bheil mi cheana foirfe : ach tha mi a' leanmhuin, dh' fhèuchain am fuigheam greim do'n ni ſin air ſon an do ghabhadh fòs greim dhiom le h Ioſa Crioſd.

13 A bhràithre, ni meaſam gur ghlac mi greim : ach aon ni *a dheanam*, air dhamh na nithe a 'ta air mo chùl a dhi-chuimhneachadh, agus bhi 'gam ſhìneadh fein chum nan nithe a 'ta romham,

14 'Ta mi a' dian-ruidh dh' ionnſuidh a' chomharthaidh, chum geall àrd ghairm Dhe ann Ioſa Crioſd.

15 Uime ſin mhèud dhinne 's ata diong'alta, biodh an inntin ſo a-gainn : agus ma 'ta ſibh ann ni ſam bith air atharrachadh inntin,

16 Gidheadh, an ni air an d' rainig ſinn a cheana, gluaiſeamaid a reir aon riaghail, bitheamaid a dh'aon inntin.

17 A bhràithre, bithibhſe le chéile 'n ar luchd-leanmhuin ormſa, agus thugaibh an aire dhoibhſin a 'ta gluaſachd air an dòigh ſin, mar ata ſinne 'n ar eiſempleir agaibh.

18 (Oir ata mòran a' gluaſachd, mu 'n do labhair mi gu minic ribh, agus mu 'm bheil mi 'noiſe, eadhon a' gul, a' labhairt ribh, *gur h iad* naimhde crann-ceuſaidh Chrioſd :

19 D'an deireadh bhi air an ſgrios, d'an dia am brù : aig am bheil an glòir 'n an nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh)

20 Oir ata ar coinbhearſaid-ne air neamh, an t ionad as am bheil dùil againn fòs ris an t Slànui'-fhear, an Tighearna Ioſa Crioſd :

21 Neach a chruth-atharraicheas ar corp dìbli, chum gu'n deanthar è co'-choſmhuil r'a chorp glòrmhor fein, a reir an oibreachaidh leis am bheil è comaſach air na h uile nithe a chur fa cheannſal fein.

CAIB. IV.

1 *O chombairlibh mionaiteach, 4 ata è dol air aghaidh chum earala coitchionna, 10 a' nochdadh cionnas a rinn è gàirdeachas air ſon an tabhartuis dha, agus è 'na luidhe am prìoſun, ni h ann co'-mòr air ſon leaſachaidh uireasbhuidh fein, as air ſon gràis De annta-ſan ; 19 agus mar ſin tha è a' criochnachadh le h ùrnuigh agus beannachdaibh.*

UIME ſin, mo bhràithre gràdhach agus air am bheil mo dheidh, m' aoibhneas agus mo chrùn, ſeaſaibhſe mar ſo gu daingeán ſan Tighearna, a mhuintir *mo* ghràidh.

2 Guidheam air Euodias, agus guidheam air Sintiche, iad a bhi dh' aon inntin ſan Tighearna.

3 Agus

* ro-phrìſeilcachd. † gu'n cofnam. ‡ air mo dheanamh reir a'bhàis.

3 Agus iarram ortsa mar an ceudna, a chompanaich dhileis, dean congnamh ris na mnaibh sin a rinn saothair maille riumsa san t soisgeul, maille re Clemens fòs, agus a' chuid eile do m' chompanaich-oibre, aig am bheil an ainme ann leabhar na beatha.

4 Deanaibh gàirdeachas san Tighearn'a ghnà': a-rìs deiream, Deanaibh gàirdeachas.

5 Biodh bhur * measarrachd follasach do na h uile dhaoinibh. *Tha* 'n Tighearna am fogus.

6 Na biodh ro-chùram ni sam bith oirbh: ach san uile ni le h ùrnuigh agus athchuinge maille re breith-buidheachais, biodh bhur n iartais air an deanamh aithnichte do Dhia.

7 Agus coimheadaidh siothchaint Dhe, a 'ta thar gach uile thuigse, bhur croidhe agus bhur n inntin ann Iosa Criosd.

8 Fa dheoidh, a bhràithre, ge b'è nithe 'ta fior, ge b'è nithe '*ta* † onorach, ge b'è nithe '*ta* ceart, ge b'è nithe '*ta* fior-ghlan, ge b'è nithe a's fiu gràdh, ge b'è nithe '*ta* ion-mholta; ma '*ta* ‡ deadh-bheus air bith *ann*, ma '*ta* moladh air bith *ann*, smuaintichibh air na nithibh sin.

9 Na nithe sin araon a dh' fhòghluim, agus a ghabh sibh, agus a chual' agus a chunnairc sibh annamsa, deanaibh *iad sin*: agus bithidh Dia na siothchaint maille ribh.

10 Ach rinn mi § gàirdeachas gu mòr san Tighearna, do bhri' gu'n d'ath-ùraicheadh 'noise fa dheireadh bhur cùram umam-sa, ni fòs ann s an raibh sibh cùramach, ach cha raibh co'throm agaibh.

11 Ni h è gu'n labhram a thaobh uireasbhuidh: oir dh' fhòghluim mi, ge b'è staid am bheil mi, bhi toilichte.

12 Is aithne dhamh bhi iosal, agus is aithne dhamh fòs pailteas a mhealtuin: ann s gach uile àite, agus ann sna h uile nithibh theagaisgeadh mi, araon a bhi sàthach agus ocrach, araon pailteas a shealbhachadh agus uireasbhuidh fhulang.

13 Is urradh mi na h uile nithe a dheanamh tre Chriosd, a neartaicheas mi.

14 Gidheadh, is maith a rinn sibh gu'n do cho'-phàirtich sibh re m' thriobloid.

15 Agus a noise biodh fhios agaibh fòs, Philippianacha, ann toiseach an t soisgeil, 'n uair a dh' fhàg mi Macedonia, nach do roinn eaglais air bith riumsa, thaobh tabhairt agus gabhail, ach sibhse amhàin.

16 Oir eadhon ann Tessalonica chuir sibh aon uair agus a-rìs a' m' ionnsuidh leasachadh do m' uireasbhuidh.

17 Ni h è gu bheil mi ag iarraidh tabhartais: ach ata mi 'g iarraidh toraidh a bhios pailt' chum bhur cunntas-sa.

18 Ach ata mi sealbhachadh nan uile nithe, agus tha pailteas agam: lionadh mi, air dhamh fhaghail o Epaphroditus na nithe *a chuireadh* uaibhse, àileadh deadh-bholuidh, iobairt thaitneach, ann s am bheil tlachd aig Dia.

19 Ach leasaichidh mo Dhia-sa bhur n uil' uireasbhuidh, reir a shaibhreis ann glòir, trìd Iosa Criosd.

20 'Noise do Dhia agus ar n Athair-ne *gu raibh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

21 Cuiribh fàilte air gach uile naomh ann Iosa Criosd. Tha na bràithre a 'ta maille riums', a' cur fàilte oirbh.

22 'Ta na naoimh uile a' cur fàilte oirbh, gu h àraid iadsan a 'ta do theaghlach Cheasair.

23 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd *gu raibh* maille ribh uile. Amen.

* co'-throm, cuineas, † ciatfach, ‡ subhailc, § aoibhneas.

Litir an Abstoil PHOIL chum nan COLOSSIANACH.

CAIB. I.

1 *Ann diaigh fàilte chur orra, 'ta sè toirt buidheachais do Dhia air son an creidimh, 7 a' daingneachadh teagaisg Epaphrais, 9 a' guidheadh gu'm biodh an gràs air a mhèudachadh, 14 a' cur ann céill co è am fior Chriosd, 21 a' toirt misnich dhoibh gu gabhail re Criosd; agus a' moladh a mhinistreileachd fein.*

POL abstol Iosa Criosd tre thoil De, agus Timoteus *ar* bràthair,

2 Chum nan naomh agus nam bràithre dìleas ann Criosd, a 'ta ann Colosse: Gràs *gu raibh* dhuibhse, agus siothchaint o Dhia ar n Athair, agus *o'n* Tighearna Iosa Criosd.

3 Tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia, agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a' sìr-dheanamh ùrnuigh air bhur son-sa:

4 O chuala sinn iom-radh air bhur creidimh-se ann Iosa Criosd, agus air *bhur* gradh do na naomhaibh uile;

5 Air son an dòchais a'ta air a thasgaidh fa'r comhair-se air neamh, air an cuala sibh iom-radh roimhe ann am focal fìrinn an t soisgeil:

6 A thainig d'ar ionnsuidhse, mar ann san t saoghal uile, agus a'ta tabhairt toraidh uaithe, mar *ata è deanamh* mar an ceudna * 'nar measgsa, o'n là ann cuala sibh è, agus s an d' fhuair sibh eòlas air gràs Dhe ann am fìrinn.

7 Reir sòs mar a dh'fhòghluim sibh o Epaphras ar co'-sheirbhiseach gràdhach-ne, neach a 'ta air bhur son-sa 'n a mhinisteir dileas do Chriosd;

8 A chuir ann céill dhuinne mar an ceudna bhur gràdh-sa ann san Spiorad.

9 Air an àdhbhar so, ni bheil sinne fòs a' sgur, o'n là a chuala sinn è, do dheanamh ùrnuigh air bhur son-sa, agus a ghuidheadh gu'm biodh sibh air bhur lionadh le eòlas a thoil-sin, san uile ghliocas agus thuigse spioradail.

10 Chum gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do'n Tighearna chum gach uile thoileachadh, a' toirt toraidh uaibh san uile dheadh obair, agus a' fàs ann eòlas De;

11 Air bhur neartachadh leis an uile neart a reir a chumhachd ghlòrmhoir-sin, chum an uile fhoighidin agus fhad-thulangais maille re gairdeachas;

12 A' tabhairt buidheachais do'n Athair, a rinn sinne iomchu'idh chum bhi 'nar luchd co'-pairt do oighreachd nan naomh san t solus:

13 A shaor sinn o chumhachd an dorchadais, agus a dh' atharraich *sinn* chum rioghachd Mic a ghràidh-sin.

14 Ann sam bheil againne saorsa trìd fhuil-sin, *eadhon* maitheanas nam peacaidh.

15 Neach a's è iomhaigh an De neo-fhaicsinnich, ceud-ghin † a' chruthachaidh uile:

16 Oir is ann leisean a chruthaicheadh gach uile nithe a 'ta air neamh, agus a 'ta air talamh, faicsinneach agus neo-fhaicsinneach, ma 's àrd-chaithreacha *iad*, no tighearnais, no uachdranachda, no cumhachda; is ann leis-sin a chruthaicheadh na h uile nithe, agus air a shon.

17 Agus ata eisean roimh na h uile nithibh, agus trìd-sin ata na h uile nithe a' coi'-sheasamh.

18 Agus is è ceann a' chuirp, *eadhon*

* annaibhse.

† nan uile chreatuir.

adhon na h eaglais: neach a's è an toiseach, an ceud-ghin o na marbhaibh; chum gu'm biodh aige àrdcheannas ann s gach uile.

19 Oir b'è deadh-ghean *an Athar*. gu'n comhnuicheadh gach uile iom-lanachd ann-san;

20 Agus gu'm biodh na h uile air an deanamh réidh ris fein tridsin, air dha sìothchaint a dheanamh trìd fuil a chroinn-cheusaidh-se, trìd-sin *deiream*, ma's nithe *iad* a'ta air talamh no nithe a'ta air neamh.

21 Agus sibhse a bha uair-eigin 'nar coimheachaibh, agus 'nar naimhdibh ann *bhur* n inntin tre obair dhroch oibridh, 'noise rinn sè réidh ris fein,

22 Ann an corp fheòla fein tre 'n bhàs, chum sibhse a chur naomha, agus neo-lochdach, agus neochoireach, 'n a lathair-sin:

23 Ma dh' fhanas sibh ann sa chreidimh bunaiteach agus daingean, gun bhi air bhur n atharrachadh o dhòchas an t soisgeil, a chuala sibh, *agus* a shearmonaicheadh do gach uile chreatuir a'ta fuidh neamh; air an d' rinneadh mise Pòl a'm' mhinisteir.

24 Neach ata 'noise a' deanamh gàirdeachais ann am fhulangasaibh air bhur son-sa, agus a' coi-lionadh mhèud 's ata dhei'-làimh do thriobloidibh Chriosd ann am fheoil, air son a chuirp-sin, eadhon an eaglais:

25 D'an d' rinneadh mise a'm' mhinisteir reir stiubhardachd Dhe, a thugadh dhamh-sa air bhur son-sa, chum coi'-lionadh focail De;

26 *Eadhon* an rùn-diomhair a bha folaichte o na linnibh, agus o na ginealachaibh *a chuaidh seachad*, ach a nois a'ta air fhoillseachadh d'a naomhaibh-sin:

27 D'am bu toil le Dia fhoillseachadh creud è saibhreas glòir' an rùin-diomhair so 'measg nan Cinneach; neach a's è Criosd annaibh-se, muinghin na glòire:

28 Neach a'ta sinne a' searmonachadh, a' toirt rabhaidh do gach duine, agus a' teagasg gach uile dhuine ann san uile ghliocas; chum's gu nochd sinn gach uile dhuine 'n a làthair-sin foirfe ann Iosa Criosd:

29 An ni chum a bheileamsa fòs a' saothreachadh, a' deanamh sbairn reir oibreachaidh-sin, a'ta 'g oibreachadh annam gu cumhachdach.

CAIB II.

1 *'Ta è fòs 'g an earalachadh chum bhi bunaiteach ann Criosd,* 8 *agus bhi air am faicill o bheulaithrisibh diomhaoin,* 18 *o àdhradh do ainglibh,* 20 *agus o dheasghnàthachaibh an lagha. nithe a chriochnaicheadh ann Criosd.*

OIR b' àill leam fios a bhi agaibh creud è mèud mo chomhruig air bhur son-sa, agus *air son* na droinge a'ta ann an Laodicea, agus *air son* a mhèud nach fhaca m' aghaidh ann san fheoil:

2 Iomnas gu'm fuigheadh an croidhe sòlas, air dhoibh bhi air an dlù'-cheangal r'a chéile ann gràdh, agus chum uile shaibhris an làn dearbh-bheachd tuigse, chum * eòlais rùin-diomhair Dhe, agus an Athar, agus Chriosd;

3 Ann s am bheil uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais folaichte.

4 Agus so deiream, d' eagal gu mealladh neach air bith sibh le briathraibh † tairngeach.

5 Oir ge do tha mi uaibh san fheoil, gidheadh ata mi maille ribh san Spiorad, a' deanamh ‡ gàirdeachais agus a' faicsin bhur n òrduigh, agus § daingneachd bhur creidimh ann an Criosd.

6 Ui ne sin mar a ghabh sibh chugaibh an Tighearna Iosa Criosd, gluaisibh ann:

7 Air dhuibh bhi air bhur freamhachadh agus air bhur tog'ail suas ann-san, agus air bhur daingneachadh sa chreidimh, reir mar a theagaisgeadh,

* aidmheil. † feòlta, snasmhor. ‡ aoibhneis, § seasmhachd.

gaisgeadh sibh, a' mèudachadh ann le breith-buidheachais.

8 Thugaibh an aire nach dean neach air bith foirneart oirbh trìd * fheallsanachd agus mealltoireachd dhiomhaoin do reir † beul-aithris dhaoine, a reir ceud-thoiseacha an t saoghail, agus ni h ann a reir Chriosd:

9 Oir ann-san ata uile iom-laine na diadhachd a' gabhail comhnuidh gu corporra.

10 Agus ata sibhs' coi'-lionta ann-san, neach a's è ceann gach uile uachdranachd agus chumhachd.

11 Ann s am bheil sibh mar an ceudna air bhur timchioll-ghearradh leis an timchioll-ghearradh neo làmh-dheanta, ann an cur dhibh corp peacaidh na feòla, le timchioll-ghearradh Chriosd:

12 Air dhuibh bhi adhlaicte maraon ris ann am baisde, ann s am bheil sibh fòs air bhur tog'ail suas maraon ris tre chreidimh oibreachaidh Dhe, a thog suas eisean o na marbhaibh.

13 Agus sibhse a bha marbh 'n ar peacaibh agus *ann* neo-thimchioll-ghearradh bhur feòla, bheothaich sè maraon ris, a' maitheamh dhuibh gach uile pheacaidh,

14 A' dubhadh amach làmhsgriobhaidh nan òrduighean, a bha ‡ gabhail romhainn, *agus* 'n ar n aghaidh, agus thug è as an ròd i, air dha a sparradh ris a chrann-ceusaidh-sin:

15 Agus air § faobhachadh dha uachdranachda agus cumhachda, rinn è ball-sampuill diubh gu follasach, a deanamh ‖ buaidh-ghhairdeachais orra tre *'n chrann* ud fein.

16 Uime sin na d'thugadh aon neach breith oirbh air son bìdh no dibhe, no thaobh là féille, no gealaich nuaidh, no shàbaide:

17 A 'ta 'n an sgàile air na nithibh a 'ta chum teachd; ach *is* le Criosd an corp.

18 Na mealladh aon neach bhur duais uaibh, le irioslachd thoileil, agus àdhradh do ainglibh,** a' foirneadh a steach *gu dàna* chum nan nithe nach facadh è, gu diomhaoin air a shéideadh suas le inntin fheòlmhoir fein;

19 Agus gun an ceann a chumail, o'm bheil an corp uile, air dha bhi air a bheathachadh trìd altaibh agus bhannaibh, agus air a dhlù'-cheangal r'a chéile, a' fàs le fàs De.

20 Uime sin ma fhuair sibh bàs maille re Criosd o cheud thoiseachaibh an t saoghail; c'ar son, mar dhaoine ata beò san t saoghal, ata sibh fuidh òrduighibh,

21 (Na bean, na blais, na laimhsich:

22 Nithe a theid uile a neo-ni le 'n gnàthachadh) a reir àitheanta agus teagasga dhaoine?

23 Nithe gun amharus aig am bheil samhla gliocais ann àdhradh fein-thoile agus irioslachd, agus †† mi-choigleadh na colla, ni h ann ann onoir sam bith chum sàsachadh na feòla.

CAIB. III.

1 *'Ta è nochdadh c'àit' an còir dhuinn Criosd iarraidh:* 5 *'Ta è 'g iarraidh orra an ain-mhianna feòlmhor a chlaoidh,* 10 *an sean duine chur dhiubh, agus Criosd a chur umpa;* 12 *'g an earalachadh chum feirce, irioslachd, agus iomadh dleasdanais eile.*

UIME sin ma dh' eirich sibhse maille re Criosd, iarraibh na nithe a 'ta shuas, far am bheil Criosd 'n a shuidhe aig deas làimh Dhe.

2 Suidhichibh bhur n aigneadh air na nithibh a'ta shuas, agus ni h ann

* fhòghlum saoghalta. † teagasg dhaoin' o làimh gu làimh, beul-aoideis. ‡ contrardha dhuinn. § cur as an armaibh. ‖ buaidh-chaithreim. ** 'g a shàthadh fein sna nithibh. †† mi-chaomhnadh a' chuirp.

inn air na nithibh a'ta air an talamh.

3 Oir ata fibh marbh, agus ata bhur beatha folaichte maille re Criosd ann Dia.

4 'Nuair a dh' fhoillsichear Criosd, neach a's è ar beatha-ne, ann sin bithidh fibhse mar an ceudna air bhur foillseachadh ann glòir maraon ris.

5 Uime sin * claoidhibh bhur buill a'ta air an talamh, strìopachas, neo-ghloine, fonn-collaidh, ain-mhianna, agus sannt, ni a's iodhol-àdhradh.

6 Nithe air son am bheil fearg Dhe a' teachd air cloinn na h easumhlachd.

7 Ann an raibh fibhse fòs a' gluasachd uair-eigin, 'nuair a bha fibh a' caitheamh bhur beatha annta.

8 Ach a noise cuiribhse † uaibh mar an ceudna na nithe sin uile: fearg, corruich, mi-run, toibheum, cainnt shalach as bhur beul.

9 Na deanaibh breug d'a chéile, do bhri' gur chuir fibh dhibh an sean duine maille r'a ghniomharthaibh;

10 Agus chuir fibh umaibh an *duine* nuadh, a'ta air ath-nuadhachadh ann eòlas, a reir iomhaigh an ti a chruthaich è.

11 Far nach 'eil Greugach no Iudhach, timchioll-ghearradh, no neo-thimchioll-ghearradh, *duine* barbarra, Scitianach, daor *no* saor, ach is è Criosd gach uile, agus ann sna h uile.

12 Uime sin cuiribhse umaibh (mar dhaoine taghta Dhe naomha agus ionmhuinn) ‡ tiom-chroidhe thròcaire, caomhalachd, irioslachd inntin, § macantas, fad-fhulangas;

13 A' giùlan le chéile, agus a' maitheamh d'a chéile, ma 'ta cùis-ghearain aig neach ann aghaidh neach: amhuil mar a thug Criosd maitheanas dhuibhse, deanaibhse mar an ceudna.

14 Agus thar na nithibh so uile, *cuiribh umaibh* ‖ seirc, ni a 's è coi'-cheangal na foirfeachd.

15 Agus biodh sìth Dhe a' riaghladh ann bhur croidhe, chum am bheil sibh fòs air bhur gairm ann an aon chorp; agus bithibh taingeil.

16 Gabhadh focal Chriosd comhnuidh annaibh gu saibhir san uile ghliocas; a' teagasg agus a' comhairleachadh a chéile le salmaibh, agus laoidhibh, agus cantaicibh spioradail, a' deanamh ciuil do 'n Tighearna le gràs ann bhur croidhe.

17 Agus ge b'è ni air bith a ni sibh ann am focal no ann gniomh, deanaibh na h uile *nithe* ann ainm an Tighearna Iosa, a' toirt buidheachais do Dhia eadhon an t Athair trìd-sin.

18 A mhnài, bithibh umhal d'ar fearaibh-pòsda fein, mar is cubhaidh ann san Tighearna.

19 Fheara-pòsda, gràdhaichibh *bhur* mnài, agus na bithibh ** fearbh 'nan aghaidh.

20 A chlann, bithibh umhal d'ar pàrantaibh ann sna h uile nithibh: oir ata so taitneach do 'n Tighearna.

21 Aithreacha, na brosnaichibh bhur clann *chum feirge*, d' eagal gu'n caill iad am misneach.

22 A shearbhanta, bithibh umhal d'ar maighistiribh a reir na feòla, ann sna h uile nithibh; ni h ann le seirbhis-shùl, mar dhroing a 'ta toileachadh dhaoine, ach ann tre'-dhireas croidhe, ann an eagal De:

23 Agus ge b'è air bith ni a ni sibh, deanaibh o bhur croidhe è, mar do 'n Tighearna, agus ni h ann do dhaoinibh;

24 Air dhuibh fios a bhi agaibh, gu 'm fuigh sibh o'n Tighearna

* marbhaibh. † dhibh. ‡ innigh. § ceannsachd. ‖ grádh. ** gaig.

duais na h oighreachd : oir is ann do 'n Tighearna Crioſd ata ſibh a' deanamh ſeirbhis.

25 Ach an ti a ni ea-coir, gheibh è toillteanas na h ea-corach a rinn è : agus cha 'n 'eil leith-bhreith ann.

CAIB. IV.

1 *Tha è cur impidh orra bhi dùrachdach ann ùrnuigh, 5 gluaſachd gu glic thaobh na muintir ſin nach 'eil fòs air teachd chum fìor èolais Chrioſd ; 10 Ata è cur fàilte orra, agus a' guidheadh gach uile ghnè ſoirbheis dhibh.*

A Mhaighſtirean, thugaibh d' *ar* ſeirbhiſeachaibh an ni ſin a'ta co'-thromach agus dligheach, air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil agaibh fein maighiſtir mar an ceudna air neamh.

2 Buanaichibh ann ùrnuigh, a' deanamh ſaire innte le breith-buidheachais;

3 Ag ùrnuigh mar an ceudna air ar ſon-ne, chum gu foſgladh Dia dhuinne dorus na h ùr-labhraidh, a labhairt rùin-diomhair Chrioſd, air ſon am bheileamſa fòs ann cuibhreachaibh :

4 Chum's gu foillſich mi è, mar is còir dhamh labhairt.

5 Gluaiſibh ann gliocas thaobh na droinge ſin a'ta 'n leith 'muigh, † a' ceannach na h aimſire.

6 Biodh bhur comh-radh do ghnà ann gràs, air a dheanamh blaſda le ſalann, chum's gu 'm bi fhios agaibh cionnas is còir dhuibh gach neach a fhreagairt.

7 Foillſichidh Tichicus, bràthair gràdhach, agus miniſteir dìleas, agus coi'-ſhearbhanta ſan Tighearna, mo chor-ſa uile dhuibh :

8 A chuir mi d'ar ionnſuidh chum na crìche ſo fein, ionnas gu 'm biodh fios bhur ſtaide-ſe aige, agus gu'n d' thugadh è co'-fhurtachd d' ar croidhibh,

9 Maille re Oneſimus bràthair dìleas agus gràdhach, a'ta dhibh fein. Ni iad aithnichte dhuibh na h uile nithe *a'ta* ann ſo.

10 'Ta Ariſtarchus mo choi'-phrìoſunach ag cur fàilte oirbh, agus Marcus mac peathar do Bharnabas, (mu 'n d' fhuair ſibh àitheanta ; ma thig è d' ar ionnſuidh, gabhaibh ris)

11 Agus Ioſa, d' an goir'ear Iuſtus, muintir a'ta do 'n timchioll-ghearradh. 'S *iad* ſin amhàin *mo* chompanaich-oibre chum rioghachd Dhe, a bha 'n an co'-fhurtachd dhamh-ſa.

12 'Ta Epaphras, a 'ta dhibh fein, ſeirbhiſeach Chrioſd, ag cur fàilte oirbh, a ghnà' a' deanamh sbàirn dhùrachdach air bhur ſon ann ùrnuighibh, chum gu'n ſeas ſibh foirfe, agus coi'-lionta ann uile thoil Dhe.

13 Oir àta mi deanamh fia'nais dha, gu bheil aige mòr theas-ghràdh dhuibhſe, agus dhoibhſin a 'ta ann Laodicea, agus do 'n' mhuintir a 'ta ann Hierapolis.

14 'Ta Lucas an léigh gràdhach, agus Demas ag cur fàilte oirbh.

15 Cuiribh fàilte air na bràithribh a 'ta ann Laodicea, agus *air* Nimphas, agus *air* an eaglais *a 'ta* 'n a thigh-ſe.

16 Agus 'n uair a leughar an litir ſo 'n ar meaſg-ſa, thugaibh fainear gu 'n leughar i ann eaglais nan Laodiceanach mar an ceudna ; agus gu'n leugh ſibhſe fòs an litir o Laodicea.

17 Agus abraibh re Archippus, Thoir an aire do 'n mhiniſtreileachd a fhuair thu ſan Tighearna, gu 'n coi'-lion thu i.

18 Fàilte uamſa Pòl le m' làimh fein. Cuimhnichibh mo chuibhreacha. Gràs *gu raibh* maille ribh. Amen.

Ceud

† ſguaſgladh.

Ceud Litir an Abstoil PHOIL chum nan TESSALONIANACH.

CAIB. I.

1 *'Ta Pòl a' toirt fios do na Teſſalonianaich co'-chuimhneachail agus a bha è orra ann s gach àm, ann am breith-buidheachais agus ùrnuigh air an ſon;* 5 *agus mar an ceudna co'-dhearbhta 's a bha è do fhìrinn, agus do thre'-dhireas an creidimh, agus an iompochaidh re Dia.*

POL, agus Siluanus, agus Timoteus chum eaglais nan Teſſalonianach, *a 'ta* ann Dia an t Athair, agus *ann* ſan Tighearna Ioſa Crioſd: gràs dhuibhſe, agus sìth o Dhia ar n Athair, agus *o* 'n Tighearna Ioſa Crioſd.

2 Ata ſinn a' toirt buidheachais do Dhia a ghnà' air bhur ſon-ſa uile, a' toirt iom-raidh oirbh ann ar n ùrnuighibh-ne,

3 A' cuimhneachadh gun ſgur obair bhur creidimh-ſe, agus ſaothair *bhur* gràidh, agus ſoighidin bhur dòchais 'n ar Tighearna Ioſa Crioſd, am fia'nais De, agus ar n Athar-ne:

4 Air dhuinn fios a bhi againn, a bhràithre gràdhach, air bhur taghadh-ſa le Dia.

5 Oir cha d' thainig ar ſoiſgeulne d'ar ionnſuidhſe ann am ſocal amhàin, ach fòs ann cumhachd, agus ann ſan Spiorad naomha, agus ann am mòr làn-dearbhachd; mar is aithne dhuibh ciod a' ghnè dhaoine bha annainn 'n ar meaſg air bhur ſon-ſa.

6 Agus rinneadh ſibh 'n ar luchdleanmhuin oirnne, agus air an Tighearna, 'nuair a ghabh ſibh ris an fhocal ann am mòr thriobloid, le h aoibhneas an Spioraid naoimh:

7 Ionnas gu raibh ſibh 'n ar n ſiſempleiribh dhoibhſin uile a'ta creidſin ann Macedonia agus ann Achaia.

8 Oir uaibhſe chuaidh fuaim focail an Tighearn' amach, ni amhàin ann Macedonia agus ann Achaia, ach fòs ann s gach uile àite 'ta bhur creidimh-ſe ann Dia air a ſgaoileadh amach, ionnas nach 'eil feum air ſinne a labhairt ni air bith.

9 Oir ata iad fein a' foillſeachadh mu 'r timchioll-ne, ciod a' ghnè dol a ſteach a bha againn d'ar ionnſuidhſe, agus cionnas a phill ſibh chum Dhe o iodholaibh, a dheanamh ſeirbhis do 'n Dia bheo agus fhior,

10 Agus gu feitheamh r'a Mhac o neamh, a thog è ſuas o na marbhaibh, *eadhon* Ioſa a ſhaor ſinne o'n fheirg a 'ta re teachd.

CAIB. II.

1 *'Ta è cur ann céill cionnas a chuaidh an ſoiſgeul a ſhearmonachadh do na Teſſalonianachaibh, agus ciod an dòigh air an do ghabh iad ris.* 18 *Tha reuſon air a thabhairt c'ar ſon a bha Pòl co'-fhada uatha, agus mar an ceudna c'ar ſon ata 'noiſe a thogra' co'-mòr r'am faiceſin.*

OIR is aithne dhuibh fein, a bhràithre, ar dol-ne a ſteach d'ar ionnſuidhſe, nach raibh è ann diomhaoineas.

2 Ach fòs air dhuinn fulang roimhe, agus taireis ar maſlachadh ann Philippi, mar is aithne dhuibh, bha dànachd againn ann ar Dia-ne ſoiſgeul De a labhairt ribhſe maille re gleachda mòr.

3 Oir cha *raibh* ar n earail-ne o mhealltoireachd, no o neo-ghloine, no ann ceilg:

4 Ach mar a mheaſadh ſinne le Dia mar dhroing a b' iomchu'idh an ſoiſgeul earbſadh ruinn, is amhuil

mhuil fin a labhramaid, ni h ann mar dhroing a 'ta toileachadh dhaoine, ach Dhe, a 'ta dearbhadh ar croidheacha.

5 Oir cha do ghnàthaich finn uair air bith briathra miodalach, mar is aithne dhuibh, no leith-fgeul fainnt; *'s è* Dia ar fia'nais.

6 Ni mò dh' iarr finn glòir o dhaoinibh, no uaibhfe, no o *dhaoinibh* eile, ge d' fheudamaid ar trom a leagadh *oirbhfe*, mar abftola Chriofd.

7 Ach bha finn * caoin 'nar meafg-fa, amhuil a † dh' eiridneas ban-altrum a clann-fein:

8 Mar fin, air bhi dhuinne ‡ ro-dheidheil oirbhfe, bu toileach leinn ni h è 'mhàin foifgeul Dhe a phairteachadh ribh, ach mar an ceudna ar n anama fein, do bhri' gu raibh fibh ro-ionmhuinn leinn.

9 Oir is cuimhne libh, a bhràithre, ar faothair agus ar fgìos-ne: oir air dhuinn bhi re h obair a dh' oidhch' agus a là, chum nach cuireamaid trom air neach fam bith agaibh, fhearmonaich finn duibh foifgeul De.

10 *Is* fia'naifean fibhfe, agus Dia *fòs*, cia naomha, agus cia § co'-thromach, agus neo-lochdach a ghiùlain finne finn fein 'nar meafg-fa a 'ta creidfin:

11 Mar is aithne dhuibh, cionnas a dh' earàilich finn, agus a thug finn co'-fhurtachd, agus a chuir finn impidh air gach aon agaibh fa leith (mar *a ni* Athair d'a chloinn)

12 Gu'n gluaifeadh fibh gu cubhaidh do Dhia, a ghairm fibh chum a rioghachd agus a ghlòire fein.

13 Uime fin ata finne fòs a' toirt buidheachais do Dhia gun fgur, do bhri' 'nuair a ghabh fibh re focal De a chuala fibh uainne, gur ghabh fibh *ris* ni *mar* fhocal dhaoine, ach (mar is è gu fìrineach) focal De, a 'ta fòs ag oibreachadh gu h eifeachdach annaibhfe a'ta creidfin.

14 Oir rinneadh fibhfe, a bhràithre, 'n ar luchd-leanmhuin air eaglaifibh Dhe ann Iudea, a 'ta ann Iofa Criofd: oir dh' fhuiling fibhfe fòs na nithe ceudna o bhur luchd-dùthcha fein, amhuil mar *a dh' fhuiling* iadfan o na Iudhachaibh:

15 A chuir araon an Tighearna Iofa, agus am faidhean fein gu bàs, agus a rinn geur-leanmhuin oirnne; agus nach 'eil a' toileachadh Dhe, agus a 'ta 'n aghaidh nan uile dhaoine:

16 A 'ta bacadh dhinne labhairt ris na Geintileachaibh, chum gu'm biodh iad air an flànuchadh, chum sìr-lionadh fuas am peacaidh: oir thainig an fhearg orra gus a' chuid a's faide.

17 Ach air dhuinne, a bhràithre, bhi air ar dealachadh uaibhfe rè tamuill bhig, am pearfa agus ni h ann an croidhe, is ro-mhòid a rinn finn dìchioll air bhur aghaidhfe fhaicfin le mòr thogradh.

18 Uime fin bu mhiann leinn teachd d'ar n ionnfuidh, (eadhon leamfa Pòl) uair no dhà; ach bhac Sàtan finn.

19 Oir creud è ar dòchas-ne, no ar n aoibhneas, no ar crùn-uaille? nach fibhfe fein *è* am fia'nais ar Tighearna Iofa Criofd aig a theachd?

20 Oir is fibhfe ar glòir-ne agus ar n aoibhneas.

CAIB. III.

1 *'Ta Pòl a' dearbhadh a mhòr ghràidh do na Teffalonianachaibh, le Timoteus chur d'an ionnfuidh chum an neartachadh agus co'-fhurtachd a thoirt doibh, agus le a ghàirdeachas 'nan deadh-ghiùlan,* 18 *agus le ùrnuigh a dheanamh air an fon, agus le a mhòr thogradh*

* caomh. † dh' altrumas, ‡ ro-dheothafach umaibhfe. § h ionruic.

gradh air teachd gu tearuinte d'an ionnſuidh.

AIR an àdhbhar ſin 'n uair nach b' urradh ſinn cumail oirn' fein ni b' fhaide, bu taitneach leinn bhi air ar fàg'ail 'n ar n aonar am *baile na h* Aithne :

2 Agus chuir ſinn Timoteus ar bràthair agus miniſteir Dhe, agus ar co'-oibriche ann ſoiſgeul Chrioſd, chum ſibhſe a dhaingneachadh, agus co'-fhurtachd a thoirt duibh mu thimchioll bhur creidimh ;

3 Chum nach gluaisfeadh neach air bith agaibh leis na triobloidibh ſo ; oir ata fhios agaibh fein gu'n d' òrduicheadh ſinn chuige ſo.

4 Oir gu deimhin 'n uair a bha ſinn maille ribh, dh' innis ſinn duibh roimh làimh, gu raibh ſinn gu triobloidean fhulang ; amhuil mar a thachair, agus is aithne dhuibh.

5 Air an àdhbhar ſo, 'n uair nach ràibh miſe comaſach air cumail orm fein ni b' fhaide, chuir mi a dh' fhaghail fios mu'r creidimh, d' eagal air chor ſam bith gu'n do bhuair am buaireadoir ſibh, agus gu 'm biodh ar ſaothair-ne diomhaoin.

6 Ach a noiſe 'n uair a thainig Timoteus uaibhſe d'ar ionnſuidhne, agus a thug è deadh ſgeul duinn mu 'r creidimh agus bhur gràdh, agus gu bheil cuimhne mhaith agaibh oirnne a ghnà', a' miannachadh gu mòr ſinne fhaicſin, amhuil ata ſinne fòs ſibhſe fhaicſin.

7 Uime ſo, a bhràithre, fhuair ſinne co'-fhurtachd d'ar taobh-ſa ann ar n uile thriobloid agus amhghar tre bhur creidimh-ſe :

8 Oir ata ſinne beo a noiſe, ma ſheaſmhas ſibhſe gu bunaiteach ſan Tighearna.

9 Oir creud am buidheachas a dh' fheudas ſinn ìocadh do Dhia as bhur leith-ſe, air ſon an aoibhneis ſin uile leis am bheil ſinn re gàirdeachas d'ar taobh-ſa am fia'nais ăr De-ne,

10 A dh'oidhche agus a là a' guidheadh gu ro-dhùrachdach gu faiceamaid bhur n aghaidh-ſe, agus gu leaſaicheamaid uireasbhuidh bhur creidimh ?

11 'Noiſe gu deanadh Dia fein agus ar n Athair, agus ar Tighearna Ioſa Crioſd ar ſlighe-ne a threòrachadh gu dìreach d'ar ionnſuidh-ſe.

12 Agus gu d' thugadh an Tighearna oirbh fàs agus bhi ro-phailt' ann an gràdh d'a chéile, agus do gach uile dhaoinibh, amhuil mar ata ſinne dhuibhſe :

13 Chum's gu daingnich è bhur croidheacha neo-choireach ann an naomhachd am fia'nais De eadhon ar n Athar-ne, aig teachd ar Tighearna Ioſa Crioſd maille r'a naomhaibh uile.

CAIB. IV.

1 *'Ta è cur impidh orra dol air an aghaidh ann ſgach uile ghnè dhiadhachd,* 6 *am beatha a chaitheamh gu naomha agus gu co'thromach,* 9 *a chéile a ghràdhachadh,* 11 *agus an gnothuichean fein a leantuin gu sàmhach;* 13 *agus fa dheireadh uile, bròn a dheanamh ann tomhas iomchu'idh air ſon nam marbh.* 17 *Agus tha è ceangal ris an earail dheireannach ſo, mìneachadh aith-ghearra air an ais-eirigh, agus air ath-theachd Chrioſd gu breitheanas.*

TUILLEADH eile ma 'ta, a bhràithre, cuireamaid a dh' impidh agus a dh athchuinge oirbh tre'n Tighearna Ioſa, amhuil mar a fhuair ſibh uainne cionnas is còir dhuibh im'eachd, agus Dia a thoileachadh, gu mèudaicheadh ſibh mar ſin ni 's mò agus ni 's mò.

2 Oir ata fhios agaibh creud

iad

iad na h àitheanta thug finne dhuibh tre 'n Tighearna Iosa.

3 Oir is i so toil Dhe, *eadhon* bhur naomhachadh-sa, sibh a sheachnadh striopachais:

4 Gu'm b' aithne do gach aon agaibh a shoitheach fein a shealbhachadh ann naomhachd, agus ann onoir;

5 Ni h ann ann am fonn ainmhiannach, amhuil mar *a ni* na Cinnich aig nach 'eil eòlas air Dia:

6 Gun neach air bith a dheanamh ain-neart no mealltoireachd ann *an cùis *fam bith* air a bhràthair: do bhri' gur è 'n Tighearn' a ni dioghaltas air an uile leithidibh sin, a reir mar a dh' innis sinne f s duibh roimhe, agus a rinn sinn sa'nais.

7 Oir cha do ghairm Dia sinne gu neo-ghloine, ach gu naomhachd.

8 Uime sin an neach a ni tair, ni h ann air duine 'ta è deanamh tàir', ach air Dia, neach fòs a thug dhuinne a Spiorad naomha fein.

9 Ach thaobh gràidh bràthaireil, ni bheil feum agaibh mise a sgriobhadh d'ar n ionnsuidh: oir ata sibh fein air bhur teagasg o Dhia gràdh a thoirt d'a chéile.

10 Agus gu deimhin ata sibh a' deanamh so thaobh nam bràithre uile, a 'ta ann Macedonia gu h iomlan: ach guidheamaid oirbh, a bhràithre, sibh a mhèudachadh ni 's mò agus ni 's mò;

11 Agus gu'n dean sibh bhur dìchioll a bhi ciuin, agus bhur gnothuiche fein a dheanamh, agus saothreachadh le 'r làmhaibh fein, (amhuil a dh' àithn sinne dhuibh)

12 Chum gu'n gluais sibh gu cubhaidh thaobh na muintir sin a 'ta 'n leith 'muigh, agus nach bi uireasbhuidh ni sam bith oirbh.

13 Ach cha b' àill leam, a bhràithre, sibhse bhi ain-eolach thaobh na muintir sin a 'ta 'n an codal, chum's nach dean sibh bròn, eadhon mar dhaoin' eile aig nach 'eil dòchas.

14 Oir ma chreideas sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs, agus gu'n d' eirich e 'ris, amhuil sin fòs an droing a choidil ann Iosa, bheir Dia maille ris.

15 Oir so a deireamaid ribh ann am focal an Tighearna, nach bi againne a'ta beo agus a dh' fhàgar gu teachd an Tighearna, toiseach orra-san a 'ta 'n an codal.

16 Oir thig an Tighearna fein a nuas o neamh le † gair, le guth an àrd-aingeil, agus le trompaid Dhe: agus eir'idh na mairbh ann Criosd air tùs:

17 Ann diaigh sin sinne a'ta beo agus a dh' fhàgar, togar suas sinn maille riu-san ann sna nèulaibh, ann comh-dhail an Tighearna san aidhear: agus mar sin bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearna.

18 Uime sin thugaibh co'-fhurtachd d'a chéile leis na briathraibh so.

CAIB. V.

1 *Tha è dol air aghaidh ann labhairt mu theachd Chriosd gu breitheanas,* 16 *a' toirt iomadh comhairle,* 23 *agus a' co'-dhùnadh na litreach.*

ACH mu thimchioll nan aimsire agus nan amanna, ni bheil feum agaibhse, a bhràithre, mise a sgriobhadh d'ar ionnsuidh.

2 Oir ata sàr fhios agaibh fein gu'n d' thig là an Tighearna amhuil mar ghaduich' ann san oidhche.

3 Oir 'n uair a deir siad, Sìothchaint agus tearuinteachd; ann sin thig sgrios obann orra, mar shaothair air mnaoi thorraich; agus cha d' theid iad as.

4 Ach ni 'm bheil sibhse, a bhràithre, san dorchadas, ionnas gu'm beireadh an là sin oirbh mar ghaduiche.

5 Is

* sa chùis.

† àrd-iolach,

5 Is fibhſe uile clann na ſoillſe, gus clann an là: ni do'n oidhche, no do'n dorchadas ſinn.

6 Uime ſin na coidleamaid mar chaoin' eile; ach deanamaid faire gus bitheamaid * ſtuama.

7 Oir an dream a choidleas, is nn ſan oidhche choidleas iad; agus an dream a'ta air mheiſg, is nn ſan oidhche 'ta iad air mheiſg.

8 Ach bitheamaid-ne a 'ta do'n là meaſarra, a' cur oirn' uchdididh a' chreidimh agus a'ghràidh, gus mar chlogoide, † dòchas na làinte.

9 Oir cha d' òrduich Dia ſinn chum feirge; ach chum ſlàinte fhaghail trìd ar Tighearna Iofa Criofd,

10 A fhuair bas air ar ſon, chum co aca 's codal no faireach bhuinn, gu'm bitheamaid beo maraon ris.

11 Uime ſin thugaibh co'fhurtachd d'a chéile, agus togaibh suas gach aon a chéile, amhuil mar ata ſibh fòs a' deanamh.

12. Agus guidheamaid oirbh, a bhràithre, aithne bhi agaibh air an dream a'ta ſaothreachadh 'nar neaſg, agus a'ta os bhur ceann an Tighearna, agus a'ta 'g ar comhairleachadh;

13 Agus meas mòr a bhi agaibh dhiubh ann gràdh air ſon an oibre. *Agus* bithibh ſiothchail 'nar meaſg fein.

14 'Noiſe guidheamaid oirbh, a bhràithre, thugaibh rabhadh dhoibhſin a 'ta mi-riaghailteach, thugaibh co'-fhurtachd dhoibhſin a'ta lagchroidheach, deanaibh ‡ congnamh riu-ſan a 'ta anmhunn, bithibh foighdneach thaobh nan uile dhaoine.

15 Feuchaibh nach loc neach olc air ſon uilc do dhuin' air bith: ach leanaibhs' a ghnà' an ni a 'ta maith, araon d'ar taobh fein, agus a thaobh nan uile dhaoine.

16 Deanaibh gàirdeachas do ghnà'.

17 Deanaibh ùrnuigh gun ſgur.

18 Ann s gach uile ni thugaibh buidheachas: oir is i ſo toil De ann Iofa Criofd d'ar taobh-ſa.

19 Na § muchaibh an Spiorad.

20 Na deanaibh tàir air faidheadoireachd.

21 Dearbhaibh gach uile nithe: cumaibh gu daingean an ni ſin a 'ta maith.

22 Seachnaibh gach uile chos'lacad uilc.

23 Agus gu deanadh Dia na ſiothchaint è fein, ſibhſe a naomhachadh gu h iomlan: agus *guidheam air Dia* gu'm bi bhur n uile ſpiorad agus anam agus chorp air an gleidheadh gu neo-choireach gu teachd ar Tighearna Iofa Criofd.

24 *Is* fìrinneach an ti a 'ta 'g ar gairm, neach mar an ceudna a ni è.

25 A bhràithre, deanaibh ùrnuigh air ar foin-ne.

26 Cuiribh fàilt' air na bràithribh uile le pòig naomha.

27 Sparram oirbh a h uchd an Tighearna, gu 'n leughar an litir ſo do na bràithribh naomha uile.

28 *Gu raibh* gràs ar Tighearna Iofa Criofd maille ribh. Amen.

Dara

* meaſarra. † carbſa. ‡ cùl-taic dhoilhſin. § coiſgibh.

Dara Litir an Abstoil PHOIL chum nan TESSALONIANACH.

CAIB. I.

1 *'Ta Pòl a' toirt fios doibh air an deadh bhar'ail ata aige mu 'n creidimh, an gràdh, agus am foighidin;* 5 *agus a' gnàthachadh reusona eag-samhail chum co'-fhurtachd a thoirt doibh fa 'n geur-leanmhuin, gu h àraidh o cheart bhreitheanas De.*

POL agus Siluanus, agus Timoteus, chum eaglais nan Tessalonianach, ann Dia ar n Athair, agus *ann* san Tighearna Iosa Criosd :

2 Gràs *gu raibh* dhuibhse, agus siothchaint o Dhia ar n Athair, agus *o* 'n Tighearna Iosa Criosd.

3 'Ta dh' fhiachaibh oirnne buidheachas a thoirt do Dhia a ghnà' air bhur son-sa, a bhràithre, mar is cubhaidh, do bhri' gu bheil bhur creidimh a' fàs gu ro-mhòr, agus gu bheil gràdh gach aon agaibh uile a' mèudachadh d'a chéile :

4 Ionnas gu bheil sinne fein a' deanamh uaill' asaibhse ann eaglaisibh Dhe, air son bhur foighidin agus bhur creidimh ann bhur n uile gheur-leanmhuinnibh agus thribloidibh a 'ta sibh a' fulang.

5 *Ni a 'ta* 'n a chomhartha follasach air ceart bhreitheanas De, chum gu measar gur fiu sibhse rioghachd Dhe, air son am bheil sibh fòs a' fulang :

6 Do bhri' gur ceart an ni do Dhia, amhghar iocadh dhoibhsin a 'ta cur triobloid oirbh ;

7 Agus dhuibhse a 'ta fa thriobloid, fois maraon ruinne, 'n uair a dh' fhoillsichear an Tighearna Iosa o neamh, maille r'a ainglibh cumhachdach,

8 Ann teine lasarra, a' deanamh dioghaltais air an droing aig nach 'eil eòlas air Dia, agus nach 'eil umhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criosd :

9 Muintir air an deanar peanas le sgrios siorruidh o làthair an Tighearna, agus o ghlòir a chumhachd ;

10 'N uair a thig è chum bhi air a ghlòrachadh 'n a naomhaibh, agus chum gu'n deanar iongantach è annta-san uile a 'ta creidsin, san là sin (do bhri' gur chreideadh ar fia'nais-ne 'n ar measg-sa)

11 Air an àdhbhar so ata sinne fòs a' deanamh sìr-ùrnuigh air bhur son-sa, chum gu measadh ar Diane gur fiu sibhse an gairm *so*, agus gu 'n coi'-lionadh è uile dheadhghean *a* mhaitheis, agus obair a' chreidimh le cumhachd.

12 Chum's gu'm bi ainm ar Tighearna Iosa Criosd air a ghlòrachadh annaibhse, agus sibhse annsan, a reir gràis ar De-ne, agus an Tighearna Iosa Criosd.

CAIB. II.

1 *Is àill leis iad a bhuanachadh san fhìrinn ris an do ghabh iad ;* 3 *ata è a' nochdadh gu'm bi claonadh o'n chreidimh ann,* 9 *agus gu'm foillsichear an t ana-criosd, roimh theachd là an Tighearna ;* 15 *agus ann lorg so 'ta sè 'g aithris a-rìs a cheud earail, agus a' deanamh ùrnuigh air an son.*

'NOISE guidheamaid oirbh, a bhràithre, tre theachd ar Tighearna Iosa Criosd, agus ar co'-chruinneachadh-ne d'a ionnsuidh,

2 Gun sibh bhi gu h ealamh *air bhur crathadh 'n ar n inntin, no fa † bhuaireadh, le spiorad, no le focal,

* fa uideal, † mhaoim,

focal, no le litir, mar uainne, mar gu'm biodh là Chriosd am fogus.

3 Na mealladh neach sam bith sibh air aon chor: oir cha *d' thig an là sin* mur d' thig air tùs tréigeadh creidimh, agus *mur* foillsichear duine sin a' pheacaidh, mac an sgrios:

4 A 'ta cur ann aghaidh agus 'g a àrdachadh fein os cionn gach uile ni d'an goir'ear Dia, no * d'an deanar àdhradh; ionnas mar Dhia gu bheil è 'n a shuidhe ann teampull Dhe, 'g a † fhèuchain fein, gur h è Dia.

5 Nach cuimhne libh, air bhi dhamh-sa fòs maille ribh, gu'n d'innis mi na nithe so dhuibh?

6 Agus is aithne dhuibh ciod ata bacadh a nois' è bhi air fhoillseachadh 'n a àm fein.

7 Oir ata rùn-diomhair na h aindiadhachd ag oibreachadh cheana: amhàin an ti a 'ta cur bacaidh a noise, *bacaidh sè*, gus an toirear ‡ air falbh è.

8 Agus ann sin foillsichear an t aingidh sin, a chlaoidheas an Tighearna le spiorad a bheoil fein, agus cuiridh sè as da le dealradh a theachd:

9 *Eadhon eiscan* aig am bheil a theachd a reir oibreachaidh Shàtain, maille ris an uile chumhachd, agus chomharthaibh, agus iongantasaibh breugach,

10 Agus maille re uile mhealltoireachd na h ea-corach, annta-san a chaillear; do bhri' nach do ghabh iad gràdh na fìrinn, chum gu slànuichteadh iad.

11 Agus air a shon so cuiridh Dia § treun-mhealladh d'an ionnsuidh, ionnas gu'n creid iad a' bhreug.

12 Chum gu'm biodh iad uile air an damnachadh, nach do chreid, an fhìrinn, ach aig an raibh dlachd ann san ea-coir.

13 Ach ata dh' fhiachaibh oirnne buidheachas thoirt do Dhia a ghnà' air bhur son-sa, a bhràithre, ionmhuinneach do'n Tighearna, do bhri' gur thagh Dia sibhse o thùs chum slàinte, tre naomhachadh an Spioraid, agus creidsin na fìrinn:

14 Chum an do ghairm è sibh trìd ar soisgeil-ne, chum sibh a dh'fhaghail glòir' ar Tighearna Iosa Criosd.

15 Uime sin, a bhràithre, seasaibh gu daingean, agus cumaibh na ponca do theagaisgeadh dhuibh, co ac' is ann le focal, no *le* 'r litir-ne.

16 'Noise gu'n tugadh ar Tighearna Iosa Criosd è fein, agus Dia eadhon ar n Athair-ne, a ghràdhaich sinn, agus a thug *dhuinn* sòlas siorruidh, agus dòchas maith tre ghràs,

17 Co'-fhurtachd d'ar croidhe-se, agus *gu deanadh sè* bhur daingneachadh ann s gach uile dheadh fhocal agus ghniomh.

CAIB. III.

1 *Tha è 'g iarraidh an ùrnuigh air a shon fein,* 3 *ag cur ann céill mèud an earbsaidh a 'ta aige asda,* 5 *a' guidheadh Dhe as an leith,* 6 *a' toirt iomadh comhairle orra, gu h àraid iad a sheachnadh dìomhaoineis, agus droch cuideachd;* 16 *agus fa dheireadh uile a' criochnachadh le beannachd d'an ionnsuidh agus ùrnuigh air an son.*

FA dheoidh, a bhràithre, dearnaibh ùrnuigh air ar son-ne, chum gu'n ruidh focal an Tighearna *gu réidh*, agus gu'm bi è air a ghlòrachadh amhuil mar ann bhur measg-sa;

2 Agus chum gu saorar sinne o dhaoinibh mi-reusonach agus olc: oir ni h ann aig gach uile ata creidimh.

3 Ach ata an Tighearna dìleas, a dhaingnicheas, agus a choimheadas o'n olc sibh.

* a 'n urramach. † nochdadh fein, oibreach a' mheallaidh. ‡ as a' mheadhon, as an rèd è. § treun

4 Agus ata earbſa againn ſan Tighearna d'ar taobh-ſa, gu bheil ſibh araon a' deanamh agus gu'n dean ſibh na nithe a'ta ſinn ag àithneadh dhuibh.

5 Agus gu deanadh an Tighearna bhur croidheacha ſheòladh gu dìreach chum gràidh Dhe, agus chum feitheamh gu foighidneach re Crioſd.

6 'Noiſe àithneamaid dhuibh, a bhràithre, ann ainm an Tighearna Ioſa Crioſd, ſibh fein a dhealachadh ris gach uile bhràthair a 'tá 'g im'eachd gu mi-riaghailteach, agus ni h ann a reir an teagaiſg a fhuair è uainne.

7 Oir ata fhios agaibh fein cionnas is còir dhuibh ar lorg-ne leantuin: oir cha do ghiùlain ſinne ſinn fein gu mi-riaghailteach 'n ar meaſg-ſa,

8 Ni mò a dh' ith ſinn aran duine ſam bith a naſgaidh; ach le ſaothair agus an-ſhocair, a dh' oidhche agus a là re h obair, chum nach cuireamaid ar trom air a h aon agaibh:

9 Ni h è nach 'eil * ùghdarras againn, ach a chum gu'n deanamaid ſinn fein 'n ar n eiſempleir dhuibhſe, gu ar leantuin.

10 Oir fòs 'n uair a bha ſinn maille ribh, thug ſinn an àithne ſo dhuibh, mur àill le neach obair a dheanamh, gun è dh' itheadh *bidh*.

11 Oir ata ſinn a' cluinntin gu bheil daoine àraidh ag im'eachd gu mi-riaghailteach 'n ar meaſg, nach 'eil a' deanamh oibre ſam bith, ach † a 'ta cur làimh ann nithibh nach buin doibh.

12 'Noiſe 'ta ſinn a' toirt àithne d'an leithidibh ſin, agus ag earail orra trìd ar Tighearna Ioſa Crioſd, le ſoithreachadh gu ciuin, gu'n ith iad an aran fein.

13 Agus ſibhſe, a bhràithre, na fgìthichibh do dheanamh maith.

14 Agus ma 'ta neach ſam bith nach toir umhlachd d'ar focal ne trìd na litreach ſo, cuiribh comhartha air-ſin, agus na biodh co'-luadar agaibh ris, chum gu'm bi nàire air.

15 Gidheadh na meaſaibh è mar nàmhad, ach thugaibh comhairl' air mar bhràthair.

16 'Noiſe gu'n d' thugadh Tighearna na ſiothchaint è fein ſiothchaint duibhſe a ghnà', air gach aon chor. *Gu raibh* an Tighearna maille ribh uile.

17 Fàilte uamſa Pòl le m' làimh fein, ni a's è an comharth' ann s gach uile litir: mar ſo ſgriobham;

18 Gràs ar Tighearna Ioſa Crioſd *gu raibh* maille ribhs' uile. Amen.

Ceud Litir an Abstoil PHOIL chum THIMOTEUS.

CAIB. I.

1 *'Ta an t òrdugh a thugadh do Thimoteus 'n uair a chuaidh Pòl do Mhacedonia, air a chur ann cuimhne dha.* 5 *Mu thimchioll feum dligheach an lagha,* 11 *agus gairm Phòil chum bhi 'n a abſtol;* 20 *agus mu Himeneus agus Alecſander.*

POL abſtol Ioſa Crioſd, a reir àithne Dhe ar Slànui'-fhear, agus an Tighearna Ioſa Crioſd, *neach a's* è ar dòchas;

2 Chum Thimoteus, m' fhior mhac ann ſa chreidimh: gràs, tròcair, *agus* ſiothchaint o Dhia ar n Athair, agus *o* Ioſa Crioſd ar Tighearna.

3 Mar

* còir. † a 'ta 'g an sàthadh fein.

3 Mar a dh' iarr mi ort fantuin ann Ephesus, 'n uair a chuaidh mi do Mhacedonia, chum gu'n d' thugadh tu òrdugh do dhream àraidh gun atharracha' teagaisg thoirt uatha;

4 Agus gun aire a thoirt do sgeulachdaibh, agus do shloinnteireachd neo-chriochnach, a bheir àdhbhar do cheisdibh ni 's mò na do fhèghlum diadhaidh, a 'ta tre chreidimh: *dean mar sin.*

5 'Noise 's è 's crioch do'n àithne gràdh a croidhe glan, agus *a* coguis mhaith, agus *a* creidimh neo-chealgach:

6 Nithe air do dhream àraidh claonadh uatha, chuaidh iad a thaoibh chum diomhaoineis cainnte;

7 A' miannachadh bhi 'n an luchd-teagaisg an lagha, *agus* gun iad a' tuigsin creud a deir iad, no creud iad mu 'm bheil iad a' toirt cinnte.

8 Ach tha fhios againn gu bheil an lagh maith, ma ghnàthaicheas neach gu dligheach è:

9 Air do fhios so a bhi aige, nach ann do dhuine fìreanach a dh' òrduicheadh an lagh, ach do dhaoine neo-dhligheach agus eas-umhal, dhoibhsin a 'ta mi-dhiadhaidh agus do pheacachaibh, do dhaoine minaomha, agus neo-chràbhach, do luchd marbhaidh athracha agus do luchd marbhaidh mhàithreacha, do luchd mortaidh,

10 Do luchd strìopachais, do luchd ain-mhianna mi-nàdurra, do luchd goid dhaoine, do bhreugoiribh, do luchd-eithich, agus ma 'ta ni sam bith eile a 'ta 'n aghaidh teagaisg fhallain,

11 Reir soisgeil ghlòrmhoir an De bheannuichte, a dh' earbadh riumsa.

12 Agus bheiream buidheachas do Iosa Criosd ar Tighearna, a neartaich mi, do bhri' gur mheas è mi dìleas, 'g am chur sa mhinistreileachd;

13 A bha roimhe a'm' fhear labhairt blaispheime, agus a'm' fhear geur-leanmhuin, agus a'm' dhuine ea-corach. Ach fhuair mi tròcair, do bhri' gu'n d' rinn mi *so* tre ain-eolas, ann mi-chreidimh:

14 Agus bha gràs ar Tighearna thar tomhas ro phailte *dhamh*, maille re creidimh, agus *re* gradh a 'ta ann Iosa Criosd.

15 *Is* fior an ràdh so, agus is fiu è air gach aon chor gabhail ris, gu 'n d' thainig Iosa Criosd do 'n t saoghal a thearnadh pheacach; air am bheil agamsa toiseach.

16 Gidheadh, air a shon so fhuair mi tròcair, chum gu'm foillsicheadh Criosd annamsa air tùs an uile fhad-fhulangas, mar shaimpleir dhoibhsin a chreideadh ann, ann diaigh so, chum na beatha mairtheanaich.

17 'Noise do'n Righ shiorruidh, neo-thruaillidh, neo-fhaicsinneach, *do* 'n Dia 'ta 'mhàin glic, *gu raibh* onoir agus glòir, gu saoghal nan saoghal. Amen.

18 An àithne so earbam riut, Thimoteus a mhic, a reir nam fàidheadoireachda a rinneadh umad roimhe so, chum trìd-sin gu'n cogadh tu deadh chogadh,

19 Ag coimhead creidimh agus deadh choguis; ni air do chuid *do dhaoinibh* a chur uatha, rinn iad lòng-bhriseadh thaobh a' chreidimh.

20 D' am bheil Himeneus agus Alecsander; muintir a thug mise thairis do Shàtan, chum le 'n smachdachadh gu'm foghlumadh iad gun bhlaisphem' a labhairt.

CAIB. II.

1 *Gur còir àrnuigh agus breithbuidheachais a ghnàthach' air son nan uile dhaoine.* 9 *Cionnas is còir do mhnaibh bhi air an sgea-*

ſgeadachadh: 12 *cha 'n 'eil è ceadaichte dhoibh teagaſg a thoirt uatha:* 15 *ſaorar iad, ge do tha comhartha feirg' Dhe orra ann am breith cloinne, ma bhuanaicheas iad ſa chreidimh.*

IARRAM uime ſin, rcimh gach uile nithe, gu'n deanar ath-chuinge, ùrnuighean, eidear-ghuidhe, agus breith-buidheachais air ſon nan uile dhaoine:

2 Air ſon righridh, agus air ſon nan uile a 'ta ann ùghdarras; chum gu 'n caithear ar beatha gu ſoisneach agus gu ſiothchuil, ann ſan uile dhiadhachd *agus chiatfachd.

3 Oir *ata* ſo maith agus taitneach am fia'nais De ar Slànui'-fhear:

4 Neach leis an àill na h uile dhaoine bhi air an sàbhaladh, agus iad a theachd chum eòlais na fìrinn.

5 Oir *is* aon Dia *a 'ta* ann, agus aon eidir-mheadhoin-fhear eidear Dia agus daoine, an duine Ioſa Crioſd;

6 A thug è fein 'na * éiric air ſon nan uile, mar fhia'nais ann àm iomchu'idh;

7 Chum an d' òrduicheadh miſe a'm' ſhearmonuiche, agus a'm' abſtol, (labhram an fhìrinn ann Crioſd, ni 'n deanam breug) a'm' fhearteagaiſg nan Cinneach ann creidimh agus ann am fìrinn.

8 Uime ſin is àill leam na fir a dheanamh ùrnuigh sgach àite, a' tog'ail ſuas làmha naomha, gun fheirg, gun amharus:

9 Air an dòigh cheudna fòs, na mnài a chur eudaich iomchu'idh umpa, 'gan ſgeadachadh fein le nàilneachd agus meaſarrachd: ni h ann le caſadh an gruaige, no le h òr, no le neamhnuidibh, no le culaidhibh luachmhor;

10 Ach (mar is cubhaidh do mhnaibh a 'ta 'g aidmheachadh diadhachd) le deadh oibribh.

11 Fòghlumadh a' bhean ann ciuineas leis an uile umhlachd.

12 Ach ni 'n ceadaicheam do mhnaoi teagaſg a thoirt uaipe, no ceannas a ghlacadh air an fhear, ach i bhi 'na toſd.

13 Oir is è Adhamh a chruthaicheadh air tùs, *agus* 'n a dhiaigh ſin Eubha.

14 Agus cha b'è Adhamh a mhealladh, ach air do'n mhnaoi bhi air a mealladh, bha i ſa chionta.

15 Gidheadh tearnar i ann am breith cloinne, ma bhuanaicheas iad ann creidimh agus ann † ſeirc, agus ann naomhachd maille re meaſarrachd.

CAIB. III.

1 *Creud iad na buaidhean a's còir bhi air na h easbuigibh, agus air na deaconibh, agus air am mnaibh;* 14 *agus c'ar ſon a ſgrìobh Pòl na nithe ſo gu Timoteus.* 15 *Mu thimchioll na h eaglais, agus na fìrinn beannuichte a ta air a teagaſg agus air a h aid'eachadh innte.*

IS ràdh fior ſo, Ma 'ta togradh aig aon duine chum ‡ dreachd eaſbuig, 'ta è miannachadh deadh oibre.

2 Uime ſin is còir do easbuig bhi neo-lochdach, 'na fhear aon mhnà, faireil, meaſarra, deadh-bheuſach, daonachdach, ealamh gu teagaſg;

3 Gun bhi 'na phòit-fhear, gun bhi buaillteach, gun bhi deidheil air buannachd ſhalach; ach macanta, § neo-thuaſaideach, neo-ſhanntach;

4 'Na dhuine a riaghlas a thigh fein gu maith, aig am bheil a chlann ann umhlachd maille ris an uile ‖ fhonnmhoireachd;

5 (Oir mur aithne do dhuine a thigh fein a riaghlachadh, cionnas a ghabhas è cùram do eaglais Dhe?)

6 Gun

*duach-faomidh. † gràdh, ‡ oiſig, huidheachadh-inntin. § neo-charroideach. ‖ chud-thromachd,

6 Gun bhi 'n a nuadh-chreid'each, d' eagal, air dha bhi air atadh le h uabhar, gu 'n tuit è ann damnadh an diabhoil.

7 Is còir dha fòs deadh theisteas bhi aig uatha-san a 'ta 'n leith 'muigh; d' eagal gu'n tuit è ann * aithis, agus *ann* rib' an diabhoil.

8 Mar an ceudna *is còir* do na deacoinibh *bhi* suidhichte, gun an teangadh bhi leam leat, gun bhi † cionail air mòran fiona, gun bhi deidheil air buannachd shalach,

9 A' cumail rùn-diomhair a' chreidimh ann coguis ghloin.

10 Agus biodh iadsan mar an ceudna air an dearbhadh ann toiseach; agus ann sin gnàthaicheadh iad oifig deacoin, air bhi dhoibh *air am faghail* neo-choireach.

11 Is amhuil sin *is còir* d'am mnaibh bhi suidhichte, gun bhi 'n an ‡ luchd tuaileis; *ach bhi* measarra, ionraic sna h uile nithibh.

12 Biodh na deacoine 'n am fir aon mhnà, a' riaghlachadh an cloinne, agus an tighe fein gu maith.

13 Oir an droing a ghnàthaich oifig deacoin gu maith, 'ta siad a' cosnadh deadh cheum dhoibh fein, agus dànachd mhòr sa chreidimh, a 'ta ann Iosa Criosd.

14 Sgriobham na nithe so chugad, ann dòchas teachd gu grad a' t ionnsuidh:

15 Ach ma ni mi moille, chum gu'm bi fhios agad cionnas is còir dhuit thu fein a ghiùlan ann tigh Dhe, ni a's è eaglais an De bheo, post agus § steidh-dhaingnich na firinn.

16 Agus gun amharus is mòr rùn-diomhair na diadhachd: dh' fhoillsicheadh Dia san sheoil, dh' fhìreanaicheadh è san Spiorad, chunncas le ainglibh è, shearmonaicheadh è do na Geintileachaibh, chreideadh air ann san t saoghal, ghabhadh suas è chum glòire.

CAIB. IV.

1 *Ta è a' roimh innseadh gu 'n d' theid daoine ann sna h aimsiribh deireannach air seacharan o'n chreidimh: 6 agus chum nach biodh Timoteus a dhei'-làimh 'na dhleasdanas, tha è toirt comhairlean eag-samhail air.*

NOISE deir an Spiorad gu soilleir, ann sna h aimsiribh deireannach gu'n tréig dream araidh an creidimh, a' toirt aire do spioradaibh mealltach, agus do theagasgaibh dheamhan;

2 A' labhairt bhreug ann ceilg, air bhi d'an coguisibh air an cruai'-losgadh le iaran dearg;

3 A' toirmeasg posaidh, *agus ag iarraidh* bidheanna a sheachnadh, a chruthaich Dia chum an gabhail maille re breith-buidheachais leosan a 'ta creidsin, agus aig am bheil eòlas na firinn.

4 Oir *is* maith gach ni a chruthaich Dia, agus cha ‖ 'n ion ni sam bith a dhiùltadh, a ghabhar le breith-buidheachais:

5 Oir ata è air a naomhachadh le focal De agus le h ùrnuigh.

6 Ma chuireas tu na nithe so ann cuimhne do na bràithribh, bithidh tu a'd' dheadh mhinisteir do Iosa Criosd, air t altrum suas ann am briathraibh a' chreidimh, agus an deadh theagaisg air an d' rainig thu.

7 Ach diùlt sgeulachda mi-dhiadhuidh shean bhan, agus cleachd thu fein chum diadhachd.

8 Oir ata an cleachda corporra tarbhach chum beag nith': ach ata 'n diadhachd tarbhach chum nan uile nithe, aig am bheil gealla' na beatha a 'ta làthair, agus a chum teachd.

9 Is ràdh firinneach so, agus is fiu è air gach aon chor gabhail ris.

10 Oir is ann uime so ata sinn araon re saothair, agus a' fulang ma-

* sgainneil. † ceisdeil. ‡ luchd-càineadh. § bun-daipgnich. ‖ chòir.

maſlaidh, do bhri' gu bheil dòchas againn ſan Dia bheo, neach a's è Slànui'-fhear nan uile dhaoine, gu h àraid nan creidmheach.

11 Aithn agus teagaiſg na nithe ſo.

12 Na deanadh duin' air bith tarcuis air t òige, ach bi thuſa a'd' eiſempleir do na creidmhich, ann am focal, ann an caithe'-beatha, ann grâdh, ann ſpiorad, ann creidimh, ann am fior-ghloine.

13 Gus an d' thig mi, thoir an aire do leughoireachd, do * earail, do theagaſg.

14 Na † dìbir an tiodhlac' a 'ta annad, a thugadh dhuit tre fhàidheadoireachd, maille re leagadh làmh na ſean-fhearachd ort.

15 Smuaintich air na nithibh ſin, thoir thu fein gu tur dhoibh, chum gu'm bi do theachd-air-aghaidh follaſach do na h uile.

16 Thoir aire dhuit fein, agus do d' theagaſg; buanaich annta: oir le ſo a dheanamh, sàbhalaidh tu araon thu fein, agus iadſan a 'ta 'g eiſdeachd riut.

CAIB. V.

1 *Riaghailte a's còir a leantuin ann an cronachadh.* 3 *Mu bhantr'achaibh.* 17 *Mu ſheanoiribh.* 23 *Combairle do Thimoteus mu thimchioll a ſhlàinte.* 24 *Tha peacaidh cuid do dhaoinibh dol rompa gu breitheanas, agus peacaidh cuid eile 'gan leantuin.*

NA garg-chronaich ſeanoir, ach cuir impidh air mar athair, *agus* air na h òig-fhir mar bhràithribh;

2 Na mnài aoſda mar mhàithreachaibh, na mnài òga mar pheathraichibh, maille ris an uile fhior-ghloine.

3 Thoir onoir do bhan-tr'achaibh a 'ta 'n am ban-tr'achaibh do rìreadh.

4 Ach ma 'ta ban-tr'ach air bith aig am bheil clann no oghachan fòghlumadh iad air tùs bhi dleadanach d'an tighibh fein, agus ath dhìol a thoirt d'am pàrantaibh oir ata ſo maith agus taitneach air fiaſnais De.

5 'Nois' cuiridh iſe a 'ta 'n ban-tr'aich do rìreadh, agus air fàg'ail 'na h aonar, a dòchas an Dia, agus buanaichidh ſi a là agus a dh' oidhche ann athchuingibh agus ann ùrnuighibh.

6 Ach iſe a 'ta caitheamh a beatha am macnus, air dh'i bhi beo, 't ſi marbh.

7 Uime ſin àithn na nithe ſi dhoibh, chum gu'm bi iad neo-lochdach.

8 Ach mur dean duine ſolar air ſon a chuideachd fein, agus gu h àraid air ſon muintir a theaghlaich, dh' àichſheun è 'n creidimh agus is mioſa è na an-creidmheach.

9 Na gabhar ban-tr'ach ſan àireamh, a bhios fuidh thri fichead bliadhn' a dh' aois, a bha 'na mhaoi aon fhir,

10 Air am bheil teiſteas thaobh dheadh oibridh; ma ‡ dh' oil i clann, ma thug i aoidheachd uaipe, ma dh' ionnlaid i coſa nan naomh, ma dh' fhòir i air luchd-triobloid, ma lean i gu dìchiollach gach deadh obair.

11 Ach diùlt na ban-tr'aich òga: oir 'nuair a dh' fhàſas iad mear ann aghaidh Chriosd, is miann leo pòſadh;

12 Muintir a 'ta fuidh dhìteadh, do bhri' gur thréig iad an ceud chreidimh.

13 Agus tuilleadh fòs, fòghlumaidh iad bhi diomhanach, a' dol mu 'n cuairt o thigh gu tigh; agus ni amhàin diomhanach, ach mar an ceudna gabhannach, agus a' gabhail gnothuich ris na nithibh nach buin doibh, a' labhairt nithe nach bu chòir doibh.

14 Is

* bhroſnachadh. † dearmad.

‡ thog i ſuas.

14 Is àill leam uime sin gu'm
sadh na *mnài* òga, iad a bhreith
oinne, a stiùradh an tighe, agus
n chion-fàth air bith a thoirt do'n
s-caraid labhairt gu toibheu-
ach.

15 Oir ata cuid a cheana air dol
thaoibh ann diaigh Shàtain.

16 Ma 'ta aig creidmheach no
ban-chreidmheach ban-tr'acha,
ireadh iad orra, agus na biodh
trom air an eaglais; chum's
'n dean i cabhair orra-san a'ta
am ban-tr'achaibh do rìreadh.

17 Measar gur fiu na seanoiridh
riaghlaicheas gu maith onoir
ùbailte, gu h àraid iadsan a'ta
oithreachadh san fhocal agus ann
agasg.

18 Oir a deir an sgriobtuir, Na
angail beul an daimh a'ta bua-
dh an arbhair: agus, Is fiu an
oibriche a thuarasdal.

19 Na gabh casaid ann aghaidh
anoir, ach le dias no triuir a
' fhia'naisibh.

20 Iadsan a 'ta peacachadh cro-
ich ann làthair nan uile, chum
'n gabh càch eagal mar an ceud-
.

21 Sparram ort am fia'nais De,
us an Tighearna Iosa Crìosd, a-
s nan aingeal taghta, gu'n coi-
head thu na nithe so gun aon a
ur roimh neach eile, gun ni air
th a dheanamh le claon-bhreith.

22 Na leag *do* làmha gu h obann
r duin' air bith, agus na biodh
'-pairt agad do pheacaibh dhaoin'
le: coimhead thu fein glan.

23 Na h òl uisge ni 's mò, ach
eachd beagan fiona air son do
hoile, agus t anmhuinneachd mhi-
c.

24 Ta peacaidh cuid do dhaoi-
bh follasach roimh làimh, a' dol
mpa chum breitheanais; agus ata
acaidh dhream àraidh 'g an lean-
in.

25 Mar an ceudna fòs a 'ta deadh oibridh *cuid* follasach roimh làimh; agus mheud 's a 'ta air ghleus eile, ni 'm feudar am folach.

CAIB. VI.

1 *Mu dhleasdanas sheirbhiseach:* 3 *Gun chomunn bhi againn re droch luchd-teagaisg.* 6 *Is buannachd mhòr an diadhachd:* 10 *'S è gaol an airgid freamh gach uilc.* 11 *Ciod is còir do Thimoteus a sheachnadh, agus a leantuin;* 17 *ciod mu 'n còir dha rabhadh thoirt do'n dream a 'ta saibhir.* 20 *E a ghleidheadh fior-ghloine an fhior theagaisg, agus a sheachnadh deas-boireachd dhiomhaoin.*

MEASADH a mheud 's a 'ta fuidh 'n chuing 'nan seirbhisich, gur fiu am maighisdirean fein an uile onoir; chum's nach fuigh ainm Dhe, agus *a* theagasg toibheum.

2 Agus iadsan aig am bheil maighisdirean creidmheach, na deanadh iad tarcuis orra, air son gur bràithre iad: ach gu ma fearr leo seirbhis a dheanamh *dhoibh*, do bhri gu bheil iad creidmheach agus ionmhuinn, 'nan luchd co'-pairt do thiodhlac' *a' ghrais*. Na nithe so teagaisg agus earail.

3 Ma bheir aon neach atharracha' teagaisg uaithe, agus nach aontaich è do bhriathraibh fallain, eadhon do bhriathraibh ar Tighearna Iosa Crìosd, agus do'n teagasg a 'ta rèir na diadhachd;

4 Tha è uaibhreach, gun eòlas aige air ni sam bith, ach è as a chéill mu thimchioll cheisdean, agus * bhriathar-chonnsacha, o'n d' thig farmad, coi'-strìbh, an-cainnt, droch bhar'aile,

5 Cros-dheasboireachd dhaoine 'g am bheil inntin thruaillidh, agus as eugmhais na fìrinn, a' meas gur † buannachd an diadhachd: dealaich ris an leithidibh sin.

6 Ach is buannachd mhòr an diadhachd maille re ‡ bhi toilichte.

7 Oir

* i. e. strì' mu shoclaibh. † tairbhe. ‡ toileachas-inntin.

7 Oir cha d' thug finn ni air bith *leinn* do'n t faoghal, agus *is* foilleir nach urradh finn ni fam bith thoirt as.

8 Uime fin air dhuinn biadh agus eadach a bhi againn, bitheamaid toilichte leo fin.

9 Ach an dream le 'n àill bhi beartach, tuitidh iad ann am buaireadh, agus ann rib', agus *ann* iomad ain-mhiann amaideach agus * ciurrail, a bhàthas daoine ann am milleadh agus ann an fgrios.

10 Oir is è gaol an airgid freamh gach uilc: ni am feadh a mhiannaich dream àraidh, chuaidh iad air feacharan o'n chreidimh, agus throi'-lot fiad iad fein le iomadh cràdh.

11 Ach thufa, O òglaoich Dhe, teich o na nithibh fin: agus lean fireantachd, diadhachd, creidimh, gràdh, foighidin, ceannfachd.

12 Cog deadh chomhrag a' chreidimh, gabh greim do 'n bheatha mhairtheanaich, chum fòs an do ghairmeadh thu, agus dh' aidmhich thu deadh aidmheil ann làthair mòran fhia'naifean.

13 Sparram ort ann am fia'nais De, a bheothaicheas na h uile nithe, agus *am fia'nais* Iofa Crioft, a rinn fia'nais air deadh aidmheil ann làthair Phontius Pilat;

14 Thu choimhead na h àithne *fo* gun fmal, gun lochd, gu teachd ar Tighearna Iofa Crioft:

15 Ni ann a amaibh fein a dh' fhoillficheas an ti a 'ta beannuichte, agus amhàin cumhachdach, Righ nan righ, agus Tighearna nan tighearna;

16 Neach 'na aonar aig am bheil neo-bhàfmhorachd, a 'ta 'na chomhnuidh fan t folus nach f'heudar teachd d'a ionnfuidh, neach nach faca duine fam bith, agus nach mò dh' fheudas è fhaicfin: dha-fan *gu ràibh* onoir agus cumhachd fiorruidh. Amen.

17 Thoir àithne do na daoinibh a 'ta faibhir fan t faoghal fo, gun iad a bhi àrd-inntineach, agus gun dòchas a chur ann an faibhreas neochinnteach, ach ann fan Dia beo, a 'ta toirt duinn nan uile nithe gu faibhir r'an mealtuin:

18 Iad a dheanamh maith, iad a bhi faibhir ann deadh oibribh, † ealamh gu roinn, co'-pairteach;

19 A' tafgaidh fuas doibh fein ann an ftòr, deadh bhunadh fa chomhair an àm re teachd, chum's gu'n dean iad greim air a' bheatha mhairtheanaich.

20 O a Thimoteus, coimhead an ni fin a dh' earbadh riut, a' feachnadh faoin chomhraidh mi-naomha, agus co'-choga eòlais d'an tiubhrar gu breugach an t ‡ ainm fin.

21 Ni air bhi do dhream àraidh ag aidmheil, chuaidh iad air feacharan thaobh a' chreidimh. Gràs *gu raibh* maille riut. Amen.

Dara Litir an ABSTOIL PHOIL chum THIMOTEUS.

CAIB. I.

1 *Gràdh Phòil do Thimoteus, agus an creidimh treibh-dhireach a bha ann Timoteus fein, agus 'na mhàthair, agus 'na fhean-mhàthair:*

6 *Tha è cur impidh air, tiodhlac Dhe a bha ann * dhùfgadh fuas,*

8 *è bhi feafmhach agus foighidneach fuidh gheur-leanmhuin,* 13 *agus è a bhuanachadh ann am fair-*

* dochannach. † eafguidh chum an cuid a thoirt uatha. ‡ i. e. ainm eòlais.

foirceadal agus ann am fìrinn an teagaisg a dh' fhòghluim è uaithe-sin. 15 *Ata comharth' air a chur air Phigellus agus Hermogenes, agus an leithidibh sin, agus ata Onesiphorus air a mholadh gu mòr.*

POL abstol Iosa Criosd tre thoil De, a reir gealla' na beatha, a 'ta ann Iosa Criosd ;

2 Gu Timoteus *mo* mhac gràdhach: gràs, tròcair, *agus* siothchaint o Dhia an t Athair, agus o Iosa Criosd ar Tighearna.

3 Bheiream buidheachas do Dhia, d'an deanam seirbhis o *m'* shinnsiribh le coguis ghloin, gu bheil agam cuimhne ortsa do ghnà' a là agus a dh' oidhche ann am ùrnuighibh :

4 Air dhamh bhi ro-thogarrach air thusa fhaicsin, a' cuimhneachadh do dheura, chum gu'm bitheam air mo lionadh le gàirdeachas:

5 'Nuair a chuimhnicheam an creidimh neo-chealgach a'ta annadsa, a chomhnuich air tùs a' d' shean-mhàthair Lois, agus a' d' mhàthair Eunice ; agus is deimhin leam a'ta annadsa mar an ceudna.

6 Air an àdhbhar so cuiream ann cuimhne dhuit, thu dh' ath-bheothachadh tiodhlac' Dhe, a 'ta annad tre chur mo làmh-sa ort.

7 Oir cha d' thug Dia dhuinne spiorad na geilt; ach *spiorad* a' chumhachd, agus a' ghràidh, agus na h inntin shallain.

8 Uime sin na gabh-sa nàire do fhia'nais ar Tighearna, no dhiomsa a phrìosunach: ach biodh do chuid agad do thriobloid an t soisgeil, a reir cumhachd Dhe;

9 A shàbhalaich sinne, agus a ghairm *sinn* le gairm naomha, ni h ann a reir ar n oibridh, ach a reir a rùin fein agus a ghràis a thugadh dhuinne ann Iosa Criosd, roimh thoiseach an t saoghail,

10 Ach a dh' fhoillsicheadh 'noise tre theachd ar Slànui'-fhir Iosa Criosd, a chuir as do'n bhàs, agus a thug beatha agus neobhàsmhorachd chum soluis, trìd an t soisgeil :

11 Chum an d' òrduicheadh mise a'm' shearmonuiche, agus a'm' abstol, agus a' m' fhear-teagaisg nan Cinneach.

12 An t àdhbhar fa 'm bheil mi fòs a' fulang na' nithe so; gidheadh ni bheil nàire orm: oir ata fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil eisean comasach air an ni sin a dh' earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin.

13 Cum gu daingean * samhla' fìrinneach nam briathra fallain, a chuala tu uamsa, ann an creidimh agus ann an gràdh a'ta ann Iosa Criosd.

14 Coimhead an taisgeach maith sin a dh' earbadh riut, trìd an Spioràid naoimh a'ta chomhnuidh annainn.

15 'Ta fhios so agad, gur phill iadsan uile a'ta san Asia uamsa; d' am bheil Phigellus agus Hermogenes.

16 Gu'n d' thugadh an Tighearna tròcair do theaghlach Onesiphoruis ; oir is minic a thug è sòlas dhamh-sa, agus cha do ghabh è nàire do m' chlabhraidh.

17 Ach 'nuair a bha è san Ròimh, dh' iarr è 'mach mi gu dìchiollach, agus fhuair è *mi*.

18 Gu deonaicheadh an Tighearna dha-san gu 'm fuigh è tròcair o'n Tighearna san là sin: agus ata sàr-fhios agad, cia lion nithe ann san d' rinn è frithealadh dhamh-sa ann Ephesus.

CAIB. II.

1 *'Ta è cur impidh air a-rìs a bhi*

* foirm;

feasmhach agus buan-mhairtheanach, agus dleasdanas fior shearbhant' an Tighearna chur ann gniomh, leis an fhocal a roinn gu ceart, agus faoin-chainnt mhi-dhiadhaidh a sheachnadh. 17 *Mu Himeneus agus Philetus.* 19 *Ata bunadh an Tighearna cinnteach.* 22 *Ata rabhadh air a thoirt da mu thimchioll nan nithe o'n còir dha bhi air fhaicill, agus nan nithe a 's còir dha a leantuin, agus cionnas is còir do sheirbhiseach an Tighearna è fein a ghiùlan.*

UIME sin, bio-sa, a mhic, làidir ann sa ghràs a 'ta ann Iosa Criosd.

2 Agus na nithe a chuala tu uamsa 'measg mhòran fhia'naisean, earb thusa na nithe sin fein re daoinibh fìrinneach, a bhios foghainteach gu daoin' eile a theagasg mar an ceudna.

3 Fuiling thusa uime sin cruaidhchas, mar dheadh shaighd-fhear Iosa Criosd.

4 Cha dean neach sam bith a leanas an cogadh è fein a * ribeadh ann gnothuichibh na beatha *so;* chum's gu'n toilich sè an ti a thagh è gu bhi 'na shaighd-fhear.

5 Agus fòs ge do ni duin' air bith † sbàirn, cha chrùnar è mur dean è sbàirn gu dligheach.

6 Is còir do'n treabhaiche a shaothraicheas air tùs, co'-pairt fhaghail do'n toradh.

7 Smuaintich air na nithibh a deiream ; agus gu tugadh an Tighearna dhuit tuigse ann sna h uile nithibh.

8 Cuimhnich gu'n do thogadh o na marbhaibh Iosa Criosd, do shiol Dhaibhidh, a reir mo shoisgeil-se :

9 Air son am bheileams' a' fulang mar fhear droch-bheirt, *eadhon* gu geimhlibh ; ach ni bheil focal De ceangailte.

10 Uime sin iomchaiream na h uile nithe air son nan daoine taghta, chum gu'm fuigh iadsan fòs an t slainte ata ann Iosa Criosd, maille re glòir shiorruidh.

11 *Is* ràdh fior so, Oir ma bhàsaicheas sinn maille ris, bithidh sinn beo mar an ceudna maille ris :

12 Ma dh' fhuil'geas sinn, rioghaichidh sinn mar an ceudna maraon ris : ma dh' àichsheunas sinn è, àichsheunaidh eisean sinne mar an ceudna :

13 Mur creid sinn, gidheadh ata eisean a' fantuin fìrinneach ; cha 'n 'eil è 'n comas da è fein àichsheun'.

14 Cuir na nithe sin ann cuimhne dhoibh, ag cur sparraidh orra am fia'nais an Tighearna, gun iad a bhi connsachadh mu fhoclaibh ann s nach 'eil tairbhe sam bith, *ach* a thilgeas bun os ceann an luchd-eisdeachd.

15 Dean dìchioll air thu fein a nochdadh dearbhta do Dhia, a'd' shaothraiche nach ruig a leas nàir' a ghabhail, a' roinn gu ceart focal na fìrinn.

16 Ach seachain faoin-chainnt mhi-naomha ; oir theid iad air aghaidh chum an tuilleadh mi-dhiadhachd.

17 Agus ithidh am focal mar chnàmhan : d'am bheil Himeneus agus Philetus ;

18 Muintir thaobh na fìrinn a chuaidh air seacharan, ag radh gu'n deachaidh an aisirigh cheana thart' ; agus a 'ta tilgeadh creidimh dream àraidh bun os ceann.

19 Gidheadh, ata bunadh Dhe a' seasamh daingean, aig am bheil an seula so, Is aithne do 'n Tighearna an droing sin a 's leis. Agus, Gach uile neach a 'ta 'g ainmeachadh ainm Chriosd, tréigeadh è ea-coir.

20 Ach ann tigh mòr ata ni h è 'mhàin soithiche òir, agus airgid, ach

* chur ann sàs. † gleachda, stri',

ach mar an ceudna *foithiche* fiodha, agus * creatha; agus cuid diubh chum onoir, agus cuid eile chum easonoir.

21 Uime sin ma ghlanas neach è fein uatha so, bithidh sè 'n a shoitheach chum onoir, air a naomhachadh, agus iomchu'idh chum feim' a mhaighistir, † ull'uichte chum gach uile dheadh oibre.

22 Teich mar an ceudna o ainmhiannaibh na h òige: ach lean fìreantachd, creidimh, gràdh, sìothchaint maille riu-san a 'ta gairm air an Tighearna o chroidhe glan.

23 Ach seachain ceistean amaideach agus neo-fhòghluimte, air dhuit fios a bhi agad gu'n tog iad ‡ connsaichean.

24 Agus cha 'n fheud searbhant an Tighearna bhi connspoideach; ach ciuin ris na h uile dhaoinibh, ealamh chum teagaisg, foighidneach,

25 Ann ceannsachd a' teagasg na droing' a sheasas 'n a aghaidh; dh' fhèuchainn an toir Dia uair air bith aithreachas dhoibh, chum aidmheil na fìrinn;

26 Agus air mosgladh dhoibh gu'n teid iad as o rib' an diabhoil, aig am bheil iad air am beo-ghlacadh chum a thoile.

CAIB. III.

1 *Tha è toirt rabhaidh dha mu thimchioll nan amanna re teachd, 6 ag innseadh co iad naimhde na fìrinn, 10 a' cur eisempleir fein roimhe, 16 agus a' moladh nan sgriobtuire naomha.*

ACH biodh fhios so agad, gu' n d'thig ann sna laithibh deireannach aimsire § baoghalach.

2 Oir bithidh daoine fein-spéiseil, sanntach, ràiteachail, uaibhreach, toibheumach, easùmhal do phàrantaibh, mi-thaingeil, mi-naomha,

3 Gun ghràdh nàdurra, 'n an luchd brise'-chùmhnant, tuaileasach, ‖ neo-mheasarra, borb, ** gun ghaol do'n mhaith,

4 Fealltach, ceann-laidir, àrdanach, aig am bheil barr gràidh do shàimh na 'ta aca do Dhia;

5 Aig am bheil cos'las diadhachd, ach ata 'g àichsheun' a cumhachd: o'n leithidibh sin †† tionndas' air falbh.

6 Oir is ann diubh so ata 'n droing sin a ‡‡ dh' eàlaidheas a steach do thighibh, agus a bheir leo am braighdeanas mnài shuarrach air an uallachadh le peacaibh, air an iomain le ain-mhiannaibh eag-samhuil,

7 A' sior-fhòghlum, agus gun chomas doibh gu bràth teachd chum eòlais na fìrinn.

8 Agus amhuil mar do chuir Iannes agus Iambres ann aghaidh Mhaois, mar sin ata iadsan ag cur ann aghaidh na fìrinn: daoin' aig am bheil inntin thruaillidh, gun tuigse thaobh a' chreidimh.

9 Ach cha d' theid iad ni 's faide air an aghaidh: oir bithidh am mi-chéill follasach do na h uile *dhaoinibh*, mar a bha am *mi-chéillsin* fòs.

10 Ach §§ shàr-aithnich thusa mo theagasg-sa, *mo* ghnè beatha, *mo* rùn, *mo* chreidimh, *m'* fhad-fhulangas, *mo* sheirc, *m'* fhoighidin;

11 *Mo* gheur-leanmhuinne, *m'* fhulangais a thainig orm ann Antioch, ann Iconium, ann Listra; creud è mèud nan geur-leanmhuinnean a ghiùlain mi: ach asda uile shaor an Tighearna mi.

12 Seadh fòs, fuil'gidh iadsan uile leis an àill am beatha a chaitheamh gu diadhaidh ann Iosa Criosd, dian-ruagadh.

13 Ach fàsaidh droch dhaoine agus mealltoirean ni 's miosa agus ni 's miosa, a' mealladh, agus air am mealladh.

14 Ach

* criadha. † deafuicht'. ‡ coi'-stribhe.
** 'nan luchd-tarcuis air daoinibh maithe.
fhios agad air.

§ cuntartach. ‖ neo-gheamnuidh.
†† pill-se. ‡‡ ghoideas. §§ ata làn

14 Ach buanaich thuſa ann ſna nithibh a dh' fhòghluim thu, agus air an d' rinneadh thu dearbhfhiofrach, air dhuit fios a bhi agad cia uaithe a dh' fhòghluim thu *iad;*

15 Agus o bha thu a'd' leanabh gu 'm b' aithne dhuit na ſgriobtuire naomha, a 'ta comaſach air thuſa dheanamh glic chum ſlàinte, tre 'n chreidimh a 'ta ann Iofa Crioſd.

16 *'Ta* an ſgriobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad De, agus *'ta* è tarbhach chum teagaiſg, chum ſpreige, chum leaſachaidh, chum oilein ann am fìreantachd:

17 Chum 's gu'm bi òglaoch Dhe coi'-lionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre.

CAIB. IV.

1 *'Ta è cur impidh air, a dhleasdanas a dheanamh leis an uile chùram agus dhìchioll;* 6 *a' toirt cinnte dha gu bheil a bhàs fein am fogus;* 9 *'s àill leis è theachd gu grad d'a ionnſuidh, agus Marcus a thoirt leis, agus nithe àraidh eile mu 'n do ſgriobh è chuige;* 14 *ata è toirt rabhaidh dha bhi air fhaicill o Alecſander an gobha;* 16 *ag innſeadh ciod a thachair dha fein ann àm a cheud fhreagraidh:* 19 *agus a-rìs a' criochnachadh.*

SPARRAM ort uime ſin am fia'nais De, agus an Tighearna Iofa Crioſd, a bheir breith air na beothaibh agus air na marbhaibh, aig a theachd dealrach, agus *ann* a rioghachd:

2 Searmonaich am focal, bi dùrachdach ann àm is ann an-âm: ſpreig, cronaich, earailich leis an uile fhad-fhulangas agus theagaſg.

3 Oir thig an t àm ann s nach bi fulang aca air teagaſg fallain; ach air do chluaſaibh tachaſach bhi aca, carnaidh iad ſuas dhoibh fein luchd-teagaiſg reir an ain-mhiannа.

4 Agus tionndaidh iad an cluaſan air falbh o'n fhìrinn, agus iompoichear iad chum ſgeulachda faoine.

5 Ach dean thuſa faire ann ſna h uile nithibh, fuiling cruaidh-chas, dean obair ſoiſgeulaich', * thoir làn-dearbhadh air do mhiniſtreileachd.

6 Oir ataimſe 'noiſe air tì bhi air m' ìobradh, agus ata àm mo ſhiubhail am fogus.

7 Chog mi an deadh chogadh, chriochnaich mi mo chùrſa, ghleidh mi an creidimh.

8 O ſo amach taiſgear fa m' chomhairſe crùn fìreantachd, a bheir an Tighearna, am breitheamh co'thromach, dhamh-ſa ſan là ud: agus ni dhamh-ſa amhàin, ach dhoibhſin uile mar an ceudna leis an ionmhuinn a theachd-ſan.

9 Dean do dhìchioll air teachd a m' ionnſuidh gu grad.

10 Oir thréig Demas mi, air dha an faoghal ſo 'ta làthair a ghràdhachadh, agus chuaidh è gu Teſſalonica: *chuaidh* Creſcens do'n Ghalatia, Titus do Dhalmatia.

11 'Ta Lucas 'na aonar maille rium. Gabh Marcus agus thoir leat è: oir ata sè tarbhach dhamh-ſa chum na miniſtreileachd.

12 Agus chuir mi Tichicus gu h Epheſus.

13 An fhalluing a dh' fhàg mi ann Troas aig Carpus, 'n uair a thig thu, thoir *leat*, agus na leabhraiche, ach gu h àraid na † meambrana.

14 Rinn Alecſander an coparcheard mòr olc dhamh-ſa: gu tugadh an Tighearna dha reir a ghniomhartha.

15 Bi thuſa mar an ceudna air t fhaicill

* coimh-lion. † peirſmeanta.

‡ fhaicill uaithe, oir chuir è gu mòr ann aghaidh ar briathra-ne.

16 Aig mo cheud fhreagradh ni 'n raibh aon neach leam, ach thréig gach uile mi: nar agrar orra è.

17 Gidheadh, fheas an Tighearna làimh rium, agus neartaich è mi; chum triom-fa gu'm biodh an fearmonachadh air * a làn-dearbhadh, agus gu'n cluinneadh na Cinnich uile è: agus fhaoradh mi a beul an leòmhain.

18 Agus faoraidh an Tighearna mi o gach uile dhroch obair, agus coimheadaidh sè mi chum a rioghachd neamhaidh fein: dha-fan *gu raibh* glòir gu faoghal nan faoghal. Amen.

19 Cuir fàilte air Prisca, agus Acuila, agus air teaghlach Onesiphoruis.

20 Dh' fhan Eraftus ann Corintus: ach dh' fhàg mi Trophimus gu tinn ann Miletum.

21 Dean dìchioll air teachd roimh 'n gheamhra'. 'Ta Eubulus, agus Pudens, agus Linus, agus Claudia, agus na bràithre uile a' cur fàilte ort.

22 *Gu raibh* an Tighearna Iosa Criosd maille re d'spiorad. Gràs maille ribh. Amen.

Litir an Abstoil PHOIL chum THITUIS.

CAIB. I.

‡ *C'ar son a dh' fhàgadh Titus ann Crete.* 6 *Creud na buadhanna 's còir bhi orra-san a thaghar 'n am ministeiribh.* 11 *Is eigin beoil droch luchd-teagaisg a dhruideadh:* 12 *creud a' ghné dhaoine a 'ta annta.*

POL fearbhant Dhe, agus abstol Iosa Criosd, do reir creidimh *dhaoine* taghta Dhe, agus aidmheil na fìrinn a 'ta reir diadhachd:

2 Ann dòchas na beatha mairtheanaich, a gheall Dia do nach † comasach breug a dheanamh, roimh chruthachadh an t saoghail;

3 Ach dh' fhoillsich è fhocal fein ann àm iomchu'idh tre shearmonachadh, a dh' earbadh riumsa, reir àithne Dhe ar Slànui'-fhir:

4 Chum Thituis *mo* mhac fein a reir a' chreidimh ‡ choitchionn: Gràs, tròcair, *agus* sìth o Dhia an t Athair, agus o'n Tighearna Iosa Criosd ar Slànui'-fhear.

5 Air a shon so dh' fhàg mi thu ann Crete, chum gu'n cuireadh tu 'n òrdugh na nithe a dh' fhàgadh gun deanamh, agus gu 'n òrduicheadh tu seanoiridh ann s gach baile, reir mar a dh' òrduich mise dhuit.

6 Ma 'ta neach sam bith neolochdach, 'na fhear aon mhnà, aig am bheil a chlann creidmheach, nach 'eil fuidh mhi-chliu thaobh ana-caitheimh, no eas-ùmhal.

7 Oir is còir do easbuig a bhi neo-choireach, mar stiùbhard Dhe; gun bhi fein-thoileil, no feargach, no òlmhar, no buaillteach, no cionail air buannachd neo-ghloin;

8 Ach aoidheil, ionmhuinneach mu dhaoinibh maithe, ciallach, co'-thromach, naomha, measarra;

9 A' cumail an fhocail fhìrinnich gu daingean, do reir teagaisg, chum's gu'm bi è comasach le teagasg fallain, araon earail a thabhairt,

* a dheanamh aithnichte. † aithne. ‡ chumanta.

bhairt, agus an dream a fheafas 'n a aghaidh chur as am bar'ail.

10 Oir ata mòran ann a 'ta mi-riaghailteach, a labhras gu diomhaoin agus a 'ta 'n am mealltoiribh, gu h àraidh iadfan a 'ta do 'n timchioll-ghearradh :

11 Muintir a's còir am beul a dhruideadh, droing 'ta tionndadh thighean iom-lan bun os ceann, a' teagafg nan nithe nach còir air ghaol buannachd fhalaich.

12 A dubhairt neach àraidh dhiubh fein, eadhon fàidh dhiubh fein, *Is* breugoirean do ghnà' na Cretanaich, droch ainmhidhean, builg mhall.

13 'Ta an fhia'nais fo fior: air an àdhbhar fin fpreig gu geur iad, chum's gu'm bi iad fallain fa chreidimh ;

14 Gun bhi tabhairt aire do fhaoin-fgeulachdaibh ludhach, agus àitheantaibh dhaoine, a thionndas air falbh o'n fhirinn.

15 Oir gu deimhin 'ta na h uile nithe glan do'n droing a 'ta glan: ach dhoibhfin a'ta falach, agus mi-chreid'each, *ni bheil* aon ni glan ; ach 'ta an inntin agus an coguis fein air an falachadh.

16 'Ta iad a' gabhail orra eòlas a bhi aca air Dia ; ach ann oibribh 'ta fiad 'g a àichfheunadh, air dhoibh bhi gràineil, agus eas-ùmhal, agus * thaobh gach uile dheadh oibre as eugmhais tuigfe.

CAIB. II.

1 *Comhairlean air an tabhairt do Thitus araon mu thimchioll a theagaifg agus a chaithe'-beatha.*
9 *Mu dhleafdanafaibh fhearbhanta, agus fos nan uile Chriofduidhean.*

ACH labhair thufa na nithe a thig re teagafg fallain :

2 *Eadhon* na daoine aofda bhi aireach, † fuidhicht', meafarra, fallain fa chreidimh, ann gràdh ann am foighidin :

3 Mar an ceudna na mnài aofda *bhi* 'n an giùlan mar is cubhaidh do naomhachd, gun bhi 'n an luchd tuaileis, gun bhi trom air fion, bhi 'n an luchd-teagaifg air nithibh maithe ;

4 Chum's gu'n teagaifg iad na mnài òga bhi ‡ ciallach, gràdhach air am fearaibh, gràdhach air an cloinn,

5 *Bhi* eagnuidh, geamnuidh, fantuin aig an tigh, *bhi* maith, ùmhal d'am fearaibh, chum 's nach fuigh focal De § toibheum.

6 Cuir impidh air na daoinibh òga mar an ceudna, iad a bhi ciallach.

7 Ann fna h uile nithibh 'g ad nochdadh fein ann ad eifempleir dheadh oibridh : ann teagafg *a' nochdadh* neo-thruaill'eachd, ‖ fonnmhoireachd, tre-dhireis,

8 Cainnt fhallain nach fheudar a dhìteadh ; chum's gu'm bi nàire air an neach a 'ta 'n ar n aghaidh, do bhri' nach 'eil droch ni fam bith aige r'a labhairt umaibh.

9 *Earàilich* fearbhanta bhi ùmhal d'am maighifidiribh fein, agus an deadh-thoileachadh ann s gach uile nithibh ; gun bhi a' labhairt 'n an aghaidh,

10 Gun bhi a' ceileachadh aon ni d'an cuid, ach a' nochdadh gach uile dheadh thairifneachd ; chum's gu 'n dean iad teagafg Dhe ar Slànui'fhir maifeach ann fna h uile nithibh.

11 Oir dh' fhoillficheadh gràs flàinteil Dhe do na h uile dhaoinibh ;

12 Ag teagafg dhuinne gach uile mhi-dhiadhachd agus ain-mhianna faoghalta àichfheunadh, agus ar beatha a chaitheamh gu meafarra, gu co'thromach, agus gu diadhaidh ann fan t faoghal fo làthair ;

13 Air

* mi-ghlensda, neo-iomchu'idh chum gach deadh oibre, † fonnmhor, ‡ fuaena, § mi-chliu, ‖ fuidheachadh inntin.

13 Air dhuinn sùil a bhi againn
s an dòchas bheannuichte sin, a-
us foillseachadh glòrmhor an De
hòir, agus ar Slànui'-fhir Iosa
riosd:
14 A thug è fein air ar son,
ium gu'n saoradh è sinn o gach
ngidheachd, agus gu'n glanadh è
a fein pobull sonraichte, èud-
hor mu dheadh oibribh.
15 Na nithe sin labhair agus
railich, agus cronaich leis an uile
ghdarras. Na deanadh duine sam
th tàir ort.

CAIB. III.

Tha Titus fòs air a sheòladh le Pòl, faraon mu thimchioll nan nithe a bhuineadh dha theagasg, agus nach buineadh: 10 *'s àill leis è chur cùl re luchd eiriceachd:* 12 *taireis so, tha è 'g ainmeachadh dha an t àm, agus an t àite ann s am b'àill leis è theachd d'a ionnsuidh; agus mar sin ata è a' crioch-nachadh.*

TUIR ann cuimhne dhoibh
bhi ùmhal do uachdranaibh
us do chumhachdaibh, freagar-
ch do luchd-riaghlaidh, ullamh
um gach uile dheadh oibre,
2 Gun olc a labhairt mu neach
bith, bhi neo-thuasaideach, mìn,
taisbeanadh an uile cheannsachd
na h uile dhaoinibh.
3 Oir bha sinne fein uair-eigin ea-
illidh, eas-ùmhal, air ar mealladh,
deanamh seirbhis do ain-mhian-
ibh agus do an-toilibh eag-
mhla, ag caitheamh ar beatha
n am mi-run agus am farmad,
ath-thoilltineach, *agus* a' toirt
ath d'a chéile.
4 Ach 'n uair a dh' fhoillsicheadh
oimhneas agus gràdh Dhe ar
nui'-fhir thaobh dhaoine,
5 Ni h ann o oibribh fìreantachd,
inn sinne, ach a reir a thròcair
n shàbhalaich è sinn tre ionnlad
h ath-ghineamhuin, agus ath-
nuadhachadh an Spioraid naoimh:
6 A dhòirt è oirnne gu saibhir,
trìd Iosa Criosd ar Slànui'-fhear;
7 Chum air dhuinn bhi air ar
fìreanachadh trìd a ghràis-sin, gu'm
bitheamaid air ar deanamh 'n ar
n oighreachaibh a reir dòchais na
beatha mairtheanaich.
8 *Is* fior an ràdh so. agus is àill
leam thu thoirt dearbh-chinnte air
na nithibh sin, chum gu'm biodh
iadsan a chreid ann Dia, cùramach
air toiseach a bhi aca ann deadh
oibribh: oir ata na nithe so maith
agus tarbhach do dhaoinibh.
9 Ach seachain ceisdean amai-
deach, agus sloinnteireachd, agus
conspoidean, agus connsachadh mu
'n lagh; oir ata siad gun tairbhe
agus diomhaoin.
10 Duine a 'ta 'n a eiriceach,
taireis a' cheud agus an dara co-
mhairle, diùlt *è:*
11 Air do fhios bhi agad gu bheil
a leithid sin *do dhuine* air a chur
bun os ceann, agus tha è a' pea-
cachadh, air dha bhi fein-dham-
naichte.
12 'N uair a chuireas mi Artemas
a d' ionnsuidh, no Tichicus, dean
dìchioll air teachd a m' ionnsuidh
gu Nicopolis: oir is ann an sinn a
chuir mi romham an geamhra'
chaitheamh.
13 Thoir Senas am fear-lagha,
agus Apollos air an aghaidh san
t slighe gu dùrachdach, chum's
nach bi ni air bith dh' uireasbhuidh
orra.
14 Agus fòghlumadh ar muintir-
ne mar an ceudna deadh oibridh a
dheanamh gu dùrachdach sa cho-
mhair ghnàthacha * feumail, chum's
nach bi iad neo-tharbhach.
15 Tha 'n droing a 'ta maille
riumsa uile ag cur failte ort. Cuir
failte orra-san le 'n ionmhuinn sinne
sa chreidimh. Gràs maille ribh uile.
Amen.

Litir

* riachdanach,

Litir an Abstoil PHOIL chum PHILEMOIN.

CAIB. I.

4 *Is fubhach leis bhi cluinntin mu chreidimh agus ghràdh Philemoin:*
9 *air am bheil è 'g iarraidh maitheanas a thabhairt do Oneſimus a ſheirbhiſeach, agus gabhail ris a-rìs gu càirdeil.*

POL prìoſunach Ioſa Crioſd, agus Timoteus *ar* bràthair, chum Philemoin a 's ionmhuinn leinn, agus *ar* co'-ſhaothraiche,

2 Agus chum Apphia ghràdhaich, agus Archippuis ar co'-ſhaighdfhear, agus chum na h eaglais a 'ta ann do thigh-ſe :

3 Gràs *gu raibh* dhuibhſe, agus ſiothchaint o Dhia ar n Athair, agus o 'n Tighearna Ioſa Crioſd.

4 Bheiream buidheachas do m' Dhia, a' ſior-thoirt luadh' ortſa ann am ùrnuighibh.

5 Air dhamh bhi cluinntin mu d' ghràdh, agus chreidimh, a 'ta agad a thaobh an Tighearna Ioſa, agus thaobh nan uile naomh ;

6 Chum's gu'm bi co'-chomunn do chreidimh eifeachdach le aidmheil an uile mhaith, a 'ta annaibh ann Ioſa Crioſd.

7 Oir ata ſubhachas ro-mhòr agus co'-fhurtachd againne ann do ghràdh-ſa, do bhri' gu bheil* innigh nan naomh air faghail † ſuaimhneis trìd-ſe, a bhràthair.

8 Uime ſin ge d'fheudainn bhi rodhàna ann Crioſd, chum an ni a 'ta iomchu'idh àithneadh dhuitſe,

9 Gidheadh is fearr leam air ſon gràidh impidh chur ort, air bhi dhamh mar Phòl aoſda, agus a noiſe fòs a'm' prìoſunach air ſon Ioſa Crioſd.

10 Guidheam ort air ſon mo mhic Oneſimus, a ghin mi ann am gheimhlibh :

11 Neach a bha uair-eigin neotharbhach dhuitſe, ach a noiſe a 'ta tarbhach dhuitſe agus dhamh-ſa :

12 Neach a chuir mi air ais : uime ſin gabh-ſa ris mar m' innigh fein.

13 Neach bu mhiann leam a ghleidheadh maille rium, chum gu'n deanadh è fritheala' dhamh ann d' ionadſa, ann an geimhlibh an t ſoiſgeil.

14 Ach as eugmhais t inntin-ſe cha bu toil leam ni ſam bith a dheanamh ; chum nach biodh do mhaith-ſe mar gu b' ann a dh' aindeoin, ach o d' thoil fein.

15 Oir theagamh gur ann air a ſhon ſo a dh' fhàg è thu rè tamuill chum's gu'm fuigheadh tu è gu ſiorruidh ;

16 Ni h ann a ſo ſuas mar ſheirbhiſeach, ach os ceann ſeirbhiſich, 'n a bhràthair gràdhach, gu h àraid dhamh-ſa, agus nach mò na ſin dhuitſe, araon ann ſan fheoil, agus ann ſan Tighearna ?

17 Uime ſin ma 'ta meas agad dhiomſa mar fhear co'-pairt, gabh riſean mar rium fein.

18 Agus ma rinn è ea-coir ort, no ma dhligheas è ni ſam bith dhuit, cuir ſin as mo leith-ſe.

19 Sgriobh miſe Pòl le m' làimh fein è, *agus* dìolaidh mi è : ge nach abram riut, gu'n dlighear leat thu fein a thuilleadh dhamh.

20 Seadh, a bhràthair, fuigheam gàirdeachas uait ſan Tighearna : dean ſuaimhneach mo chroidhe ſan Tighearna.

21 Air dhamh bhi earbſach a d' ùmhlachd, ſgriobh mi a t ionnſuidh, oir ata fhios agam gu'n dean thu fòs ni 's mò na a deiream.

22 Ach maille re ſo fòs ull'uich fardoch

* croidhe. † fuaraidh.

fa'doch fa m' chomhair: oir ata dòchas agam, tre bhur n ùrnuighean-fa, gu 'n tiubhrar mife dhuibh.

23 'Ta Epaphras mo choi'-phrìofunach ann Iofa Criofd;

24 Marcus, Ariftarchus, Demas, Lucas, mo cho'-luchd-oibre, ag cur failte ort.

25 Gràs ar Tighearna Iofa Criofd *gu raibh* maille re 'r fpiorad-fa. Amen.

Litir an Abstoil PHOIL chum nan EABHRUIDHEACH.

CAIB. I.

1 *'Ta Criofd a thainig o 'n Athair ann fna h amaibh deireannach fo, 4 ni 's mò na na h aingil faraon thaobh a phearfaidh agus a dhreachd.*

Tra, a labhair ann fna h amaibh a chuaidh feachad gu minic, agus air iomadh modh ris na h aithreachaibh leis na fàidhibh,

2 Labhair fe ann fna laithibh deireannach fo ruinne trìd *a* Mhac, a dh'òrduich è 'n a oighre air na h uile nithibh, tre 'n do chruthaich fe fòs na faoghail.

3 Neach air bhi dha 'n a dhealradh *a* ghlòire-fin, agus 'n a fhior iomhaigh a phearfaidh, agus a' cumail fuas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'nuair a ghlan è ar peacaidh-ne do thrìd fein, fhuidh è air deas làimh na mòrachd ann fna h àrdaibh:

4 Air dha bhi air a dheanamh ni 's ro-òirdheirce na na h aingil, mhèud gu 'n d' fhuair è mar oighreachd ainm bu. ro-fhearr na iadfan.

5 Oir co do na h aingil ris an dubhairt fe uair air bith, Is tu mo Mhac-fa, an diugh do ghin mi thu? agus a-rìs, Bithidh mife a'm' Athair dha-fan, agus bithidh eifean 'n a Mhac dhamh-fa.

6 Agus a-rìs, 'n trà' bheir è an ceud-ghin a fteach do'n tfaoghal, deir fe, Agus deanadh uil' aingil De àdhradh dha.

7 Agus thaobh nan aingeal a deir è, Neach a 'ta deanamh aingle 'n an fpioradaibh, agus a mhinifteiridh 'n an lafair theine.

8 Ach ris a' Mhac *a deir sè*, *'Ta* do righ-chaithir, a Dhe, gu faoghal nan faoghal; *is* flat-rioghail ro-cho'-thromach flat do rioghachd-fa:

9 Ghràdhaich thu fireantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime fin dh'ung Dia, do Dhia-fa, thu le h oladh aoibhneis os ceann do chompanacha.

10 Agus, Leag thufa, a Thighearna, bunaite na talmhain air tus; agus is iad na neamha oibre do làmh.

11 Teirgidh iadfan, ach mairidh tufa: agus fafaidh iad uile fean mar eadach;

12 Agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tufa an ti ceudna, agus cha 'n fhailnich do bhliadnaidh.

13 Ach co do na h ainglibh ris an dubhairt sè uair air bith, Suidh air mo dheas-làimh, gus an cuir mi do naimdhe 'n an ftòl-chos fuidh d'chofaibh.

14 Nach fpiorada frithealaidh iad uile, air an cur amach chum frithealaidh dhoibhfin a bhios 'n an oighreachaibh air flàinte?

CAIB. II.

4 *Is còir dhuinn bhi ùmhal do Chriosd,*
5 *agus sin do bhri' gu'n d' aontaich è ar nàdur-ne a ghabhail air fein,* 14 *mar a bha sin feumail.*

UIME sin is còir dhuinn an rothuilleadh aire a thoirt do na nithibh a chuala sinn, 'n teagal uair sam bith gu'n leigeamaid ruidh leo.

2 Oir ma bha am focal a labhradh le h ainglibh seasmhach, agus gu'n d' fhuair gach uile bhriseadh agus eas-umhlachd dìol-thuaraidal dligheach;

3 Cionnas a theid sinne as, ma ni sinn di-meas air slàinte co'-mòr, a thòsaich air tùs bhi air a labhairt leis an Tighearna, *agus* a rinneadh dearbhta dhuinne leo-san a chual' è;

4 Air bhi do Dhia a' deanamh coi'-fhianais leo, araon le comharthaibh agus le h iongantasaibh, agus le feartaibh * eag-samhla, agus le tiodhlacaibh an Spioraid naoimh, reir a thoile fein?

5 Oir nior chuir sè fuidh cheannsal nan aingeal an saoghal re teachd, mu 'm bheil sinn a' labhairt.

6 Ach rinn neach fia'nais ann ann ionad àraidh, ag radh, Creud è an duine gu'n cuimhnicheadh tu air? no mac an duine gu'm fiosraicheadh tu è?

7 Rinn thu è rè tamuill bhig ni 's ìsle na na h aingil; chrùn thu è le glòir agus *le h*onoir, agus chuir thu è os ceann oibridh do lâmh.

8 Chuir thu na h uile nithe fios fuidh a chosaibh. Oir ann an cur nan uile nithe fuidhe dha, ni 'n d' fhàg è ni air bith gun chur fuidhe. Ach a nois ni 'm bheil sinn a' faicsin nan uile nithe fòs air an cur fuidh a cheannsal.

9 Ach chi sinn Iosa, a rinneadh rè ùine bhig ni b' ìsle na na h aingil, tre fhulang a' bhàis, air a chrùnadh le glòir agus *le h* onoir; chum tre ghràs De gu 'm blaiseadh è bàs air son gach uile dhuine.

10 Oir b' iomchu'idh dha-san, air son *am bheil* gach uile nithe, agus tre *'m bheil* gach uile nithe, ann an tabhairt mòran mhac chum glòire, ceannard an slàinte-sin a dheanamh foirfe tre fhulangaibh.

11 Oir *ata* araon an ti a naomhaicheas, agus iadsan a naomhaichear, uile o aon: air an àdhbhar sin cha nar leis bràithre a ghairm diubh.

12 Ag radh, Cuiridh mi t ainm ann cèill do m' bhràithribh, ann am meadhon na h eaglais seinnidh mi cliu dhuit.

13 Agus a-rìs, Cuiridh mi mo dhòchas ann. Agus a-rìs, Feuch mise, agus a' chlann a thug Dia dhamh.

14 Uime sin, mhèud gu bheil aig a' chloinn co-pairt do fheoil agus do fhuil, ghabh eisean fein mar an ceudna fòs pairt diubh sin: chum tre 'n bhàs gu'n claoidheadh è eisean, aig an raibh cumhachd a' bhàis, 's è sin, an diabhol;

15 Agus gu'n saoradh è iadsan a bha trìd eagal a' bhàis rè am beatha uile fuidh dhaorsa.

16 Oir gu deimhin cha do ghabh sè *nàdur* nan aingeal air; ach ghabh è fiol Abraham air.

17 Uime sin b' fheumail da ann sna h uile nithibh bhi air a dheanamh cosmhuil r'a bhràithribh, chum gu 'm biodh è 'na àrd-shagart tròcaireach agus dìleas ann nithibh *thaobh* Dhe, chum réite dheanamh air son peacaidh a' phobuill:

18 Oir mhèud gu 'n d' fhuiling è fein, air dha bhi air a bhuaireadh, is comasach è air cabhair a dheanamh orra-san a'ta air am buaireadh.

CAIB.

* ioma'-gnéthach.

CAIB. III.

1 *Is mò Crioſd na Maois: 7 uime ſin mur creid ſinn ann-ſan, bithidh ſinn ni 's toillteanaich air dioghaltas na Iſrael cruaidh-chroidheach.*

UIME ſin, a bhràithre naomha, *a 'ta* 'n ar luchd co'-pairt do'n ghairm neamhaidh, thugaibh fainear Ioſa Crioſd, abſtol agus àrd-ſhagart ar n aidmheil;

2 A bha dìleas dha-ſan a dh' òrduich è, amhuil a bha Maois fòs 'n a thigh ſin uile.

3 Oir mheaſadh gu 'm b' fhiu an *Ti* ſo glòir bu mhò na Maois, mhèud gu bheil tuilleadh onoir aig an neach a thog an tigh, no aig an tigh fein.

4 Oir tha gach uile thigh air a thog'ail le duin' eigin; ach an ti a thog gach uile nithe, *is* è Dia.

5 Agus gu deimhin *bha* Maois dìleas 'n a thigh-ſin uile mar ſheirbhiſeach, chum fia'nais air na nithibh ſin a bha gu bhi air an labhairt ann diaigh ſin;

6 Ach Crioſd mar Mhac os ceann a thighe fein: agus is ſinne a thigh-ſin, ma chumas ſinn dànachd, agus gàirdeachas an dòchais, gu daingean gus a' chrìch.

7 Uime ſin mar a deir an Spiorad naomha, An diugh, ma chluinneas ſibh a ghuth,

8 Na cruaidhichibh bhur croidhe, mar ann ſa bhroſnachadh, ann an là a' bhuaireidh ſan fhàſach:

9 Far an do bhuair bhur n aithreacha mi, *agus* a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m' oibridh rè dhà fhichead bliadhna.

10 Uime ſin bha diom agam ris a' ghinealach ud, agus a dubhairt mi, 'Ta iad a ghnà' air ſeacharan 'n an croidhe; agus nior ghabh iad eòlas air mo ſhlighibh:

11 Ionnas gu'n d' thug mi mo mhionnan a'm' fheirg, Nach d' theid iad a ſteach do m' ſhuaimhneas.

12 Thugaibh aire, a bhràithre, 'n t eagal gu'm bi ann aon neach agaibh droch croidhe mi-chreidimh, ann s an Dia bheo a thréigſin.

13 Ach deanaibh earail air a chéile gach aon là, 'm feadh 's a ghoirear An là 'n diugh dheth; 'n t eagal gu'n cruaidhichear neach air bith agaibh tre mhealltoireachd a' pheacaidh.

14 Oir rinneadh ſinne 'n ar luchd co'-pairt do Chriosd, ma chumas ſinn toiſeach ar muinghin gu daingean gus a' chrìch;

15 'M feadh a deirear, An diugh, ma chluinneas ſibh a ghuth, na cruaidhichibh bhur croidhe, mar ann ſa bhroſnachadh.

16 Oir air do dhream àraidh cluinntin, bhroſnaich iad: ach gidheadh ni 'm b' iadſan uile a thainig amach as an Eipht le Maois.

17 Ach co ris a bha diom aige rè dhà fhichead bliadhna, *nach ann* riuſan a pheacaich, muintir a thuit an coillne ann ſan fhàſach?

18 Agus co iad d'an d' thug sè a mhionnan nach rachadh iad a ſteach d'a * ſhuaimhneas, ach dhoibh-ſin nach do chreid?

19 Mar ſo chi ſinn nach b' ur radh iad dol a ſteach air ſon mi chreidimh.

CAIB. IV.

1 *'Ta fois nan Crioſduidhean air a faghail tre chreidimh.* 12 *Cumhachd focail De.* 14 *Trìd ar n àrd-ſhagart Ioſa Mac Dhe, a bha fuidh thriobloidibh, ach ſaor o pheaca',* 16 *'s còir dhuinn, agus feuduidh ſinn dol gu dàna chum caithir nan grùs.*

UIME ſin biodh † faitcheas oirn', 'n t eagal air bhi do ghealladh dol a ſteach d'a ſhuaimhneas air fhàg'ail againn, gu 'n d' thigeadh aon neach agaibh a dhei'laimh air.

2 Oir ſhearmonaicheadh an ſoiſgeul duinne, amhuil *a rinneadh* dhoibhſin.

† fhois. † eagla

dhoibhſin: ach cha raibh tairbhe dhoibh ann ſan fhocal a chuaidh ſhearmonachadh, do bhri' nach raibh è air a choi'-meaſg' le creidimh ann ſan droing a chual' è.

3 Oir ata ſinne a chreid a' dol a ſteach do ſhuaimhneas, amhuil a dubhairt sè, Mar a thug mi mo mhionnan a' m' fheirg, Nach d' theid iad a ſteach do m' ſhuaimhneas: ge do bha na h oibridh criochnaicht' o thoiſeach an t ſaoghail.

4 Oir labhair e ann ionad àraidh mu 'n t ſeachdmha' *là* air an dòigh ſo, Agus ghabh Dia comhnuidh air an t ſeachdmha là o oibribh uile.

5 Agus ann ſan *ionad* ſo a-rìs, Ni 'n d' theid iad a ſteach do m' ſhuaimhneas.

6 Do bhri' uime ſin gu'n tuigear uaithe ſo gu 'n d' theid dream àraidh a ſteach ann, agus nach deachaidh an dream d'an do ſhearmonaicheadh è air tùs, a ſteach air ſon am mi chreidimh:

7 A-rìs, ata è ſuidheachadh là àraidh, ag radh ann Daibhidh, An diugh, ann diaigh aimſir co-fhada; mar a deirear, An diugh, ma chluinneas ſibh a ghuth, na cruaidhchibh bhur croidhe.

8 Oir nam biodh * Iofa air toirt ſuaimhneis dhoibh, cha labhradh è ann diaigh ſin mu là eile.

9 Uime ſin dh' fhàgadh fois *fa chomhair* pobuill De.

10 Oir an ti a chuaidh ſteach d'a ſhuaimhneas, ghabh eifean fòs tàmh o oibribh fein, amhuil *a ghabh* Dia o oibribh-ſin.

11 Deanamaid dìchioll uime ſin chum dol a ſtigh do 'n t ſuaimhneas ſin, 'n t eagal gu'n tuit aon neach a reir eiſempleir cheudna a' mhi-chreidimh.

12 Oir *ata* focal De beo agus cumhachdach, agus ni 's géire na cloidheamh dà fhaobhair air bith, a' ruigheachd eadhon chum eidearſgaradh an anma agus an ſpioraid, agus nan alt agus nan ſmear, agus a' toirt breith air ſmuaintibh agus † breithneachaibh a' chroidhe.

13 Agus ni bheil creatuir ſam bith nach 'eil follaſach 'na làthair-ſin: ach *ata* na h uile nithe lom-nochd, agus foſgailte do ſhuilibh an ti ‡ ris am bheil againne gnothuch.

14 Do bhri' uime ſin gu bheil againn àrd-fhagart mòr, a chuaidh a ſteach do na neamhaibh, Iofa Mac Dhe, cumamaid gu daingean *ar* n aidmheil.

15 Oir ni bheil àrd-fhagart againn nach 'eil comaſach air co'-fhulangas a bhi aige r'ar 'n anmhuinneachdaibh; ach a bhuaireadh air gach uile dhòigh mar ata ſinne, *ach* as eugmhais peacaidh.

16 Thigeamaid uime ſin le dànachd gu righ-chaithir nan gràs, chum's gu fuigh ſinn tròcair, agus gu 'n ‖ amais ſinn air gràs chum cabhair ann an àm feime.

CAIB. V.

1 *Ughdarras agus onoir ſagartachd ar Slànui'-fhir:* 11 *màirnealachd 'n an eòlas air a chronachadh.*

OIR ata gach uile àrd-fhagart, air a thoirt o mheaſg dhaoine, air òrduchadh air ſon dhaoine ann nithibh thaobh Dhe, chum gu'n iobair è araon tiodhlacaidh agus iobairtean air ſon pheacanna:

2 Neach a 'ta comaſach air truas a ghabhail ris an droing a 'ta aineolach, agus air ſeacharan; do bhri' gu bheil è fein mar an ceudna air a chuartachadh le h anmhuinneachd:

3 Agus air a ſhon ſo, is còir dha iobradh air ſon peacaidh, mar as leith an t ſluaigh, 's amhuil ſin as a leith ſein mar an ceudna.

4 Agus ni 'n gabh aon duine an onoir ſo dha fein, ach an ti a' ta air a ghairm o Dhia, mar *a bha* Aaron:

5 Is amhuil ſin, cha do ghlòraich Criofd

* Iofua. † rùnaibh. ‡ d'am feum ſinn cunntas a thabhairt ‖ ruigimid.

Grìosd è fein, gu bhi air a dheanamh 'n a àrd-shagart; ach an ti a dubhairt ris, Is tu mo Mhac, an diugh do ghin mi thu.

6 Reir mar a deir è fòs ann *ionad eile*, *Is* sagart *thu* gu siorruidh, reir òrduigh Mhelchisedec.

7 Neach ann an laithibh fheòla, taireis da ùrnuighean agus athchuingidh, maille re h àrd-éighich agus deuraibh, òbradh suas do'n ti a bha comasach air eisean a shaoradh o 'n bhàs, * agus dh'eisdeadh ris thaobh an ni roimh an raibh eagal air;

8 Ge bu Mhac è, dh'fhòghluim è ùmhlachd o na nithibh a dh' fhuiling è:

9 Agus air dha bhi air a dheanamh foirfe, rinneadh è 'n a ùghdair slàinte shiorruidh dhoibhsin uile a bhios ùmhal dha;

10 Air a ghairm le Dia 'n a àrd-shagart, do reir òrduigh Mhelchisedec.

11 Mu 'm bheil mòran againn r'a labhairt, agus † doth-chur-anncéill gu soilleir; do bhri' gu bheil sibh mall thaobh eisdeachd.

12 Oir ge d' bu chòir dhuibh a reir na h aimsir bhi 'n ar luchd-teagaisg, ata feum agaibh gu'n teagaisgeadh neach dhuibh a-ris creud iad ceud-thoiseacha ‡ òracla Dhe; agus ata sibh air teachd chum *na h inbhe* sin, gur mò ata bainne dh' uireasbhuidh oirbh na biadh làidir.

13 Oir gach uile neach a 'ta gnàthachadh bainne, is neo-theòmadh è air focal na fìreantachd: oir is naoidhean è.

14 Ach is ann do dhaoinibh foirfe a bhuineas biadh làidir, aig am bheil an ceudfaidh, tre ghnàthachadh fada, air an cleachdadh re eidirdhealachadh chur eidear maith agus olc.

* agus thugadh fuasglaidh dha o eagal san.
§ cur nan làmh *air na h ùr-chreidmich.*

CAIB. VI.

1 *Tha è cur impidh orra, gun iad a thuiteam air an ais o 'n chreidimh:* 11 *ach bhi seasmhach,* 12 *dìchiollach, agus feitheamh gu foighideach re Dia,* 13 *do bhri' gu bheil eisean ro-fhior agus cinnteach 'n a ghealla'.*

UIME sin air fàg'ail duinn ceudthoiseacha teagaisg Chriosd, rachamaid air ar n aghaidh chum foirfeachd; gun bhi 'ris a' suidheachadh bunadh aithreachais o oibribh marbha, agus creidimh thaobh Dhe,

2 *Bunadh* teagaisg nam baisde, agus § leagadh nan làmh, agus aiseirigh nam marbh, agus breitheamhnais shiorruidh.

3 Agus ni sinn so, ma cheadaicheas Dia.

4 Oir *is* ea-comasach an droing sin a chuaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlais an tiodhlac' neamhaidh, agus a rinneadh 'n an luchd co'-pairt do 'n Spiorad naomh,

5 Agus a bhlais deadh fhocal De, agus cumhachda an t-saoghail a 'ta chum teachd;

6 Agus a thuit air falbh, athnuadhachadh chum aithreachais: do bhri' gu bheil iad a' ceusadh Mhic Dhe a-ris dhoibh fein, agus 'ga chur gu nàire fhollaisaich.

7 Oir an talamh a dh' òlas a steach an t uisge a'ta teachd gu minic air, agus a bheir uaithe luibheanna a 's iomchu'idh do 'n droing leis an saothraichear è, gheibh se beannachadh o Dhia:

8 Ach an talamh sin a bheir uaithe droighionn agus dreisean, 'ta se air a chur air cùl, agus fogus do mhallachadh; d'an deireadh bhi air a loigadh.

9 Ach is dearbh leinn nithe a 's fearr mu 'r timchioll-sa, a mhuintir ionmhuinn, agus nithe a 'ta dlù-

† cruaidh r'am mìneachadh. ‡ bhriathra.

dìù' do shlàinte, ge do tha sinn a' labhairt mar so.

10 Oir ni bheil Dia mi-cho'thromach, gu'n di-chuimhnicheadh è obair agus saothair bhur gràidh, a nochd sibh thaobh ainme-sin, 'm feadh gu'n d'rinn sibh frithealadh do na naomhaibh, agus gu bheil sibh a' frithealadh.

11 Agus is miann leinne gu'n dean gach aon agaibhse an dùrachd ceudna a nochdadh, chum làndearbhaidh an dòchais gus a' chrìch:

12 Chum 's nach bi sibh leasg, ach 'n ar luchd-leanmhuin orra san, a 'ta tre chreidimh agus fhoighidin a' sealbhachadh nan geallanna.

13 Oir 'n uair a thug Dia gealla' do Abraham, do bhri' nach feudadh è mionnan a thoirt air neach bu mhò, thug è mionnan air fein,

14 Ag radh, Gu fìrinneach, le beannachadh, beannuichidh mi thu, agus le mèudachadh, mèudaichidh mi thu.

15 Agus mar so taireis da-san feitheamh gu foighidneach, fhuair è seilbh air a' ghealla'.

16 Oir gu deimhin bheir daoine mionnan air an neach a's mò: agus dhoibhsin is crioch air na h uile chonnsachadh mionnan chum daingneachaidh.

17 Air bhi do Dhia toileach san ni ceudna air neo-chaochluidheachd a chomhairle fhèuchain do oighreachaibh a' gheallaidh, dhearbh fè le mionnan è:

18 Chum tre dhà ni neo-chaochluidheach, ann san *raibh* è eacomasach gu'n deanadh Dia breug, gu'm biodh againne co'-fhurtachd làidir, a theich chum dìdein gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn:

19 Ni a' ta againn mar achdair an anma, araon cinnteach agus daingean, agus a theid a steach do 'n ionad sin a 'ta 'n taobh stigh do 'n bhrat-roinn,

20 Far am bheil an roimh-ruidhfhear air dol a steach air ar soinne, *eadhon* Iosa, a rinneadh 'n a àrdsheagart gu siorruidh a reir òrduigh Mhelchisedec.

CAIB. VII.

1 *Is sagart Iosa Criosd a reir òrduigh Mhelchisedec;* 11 *agus mar sin ni 's ro-òirdheirce na na sagairt a'ta do òrdugh Aaroin.*

OIR am Melchisedec so righ Shaleim, sagart an De a's ro-àirde, neach a choinnich Abraham a' pilleadh o * àr nan righridh, agus a bheannuich è;

2 D' an d' thug Abraham fòs deachmha' do 'n uile: neach a 's è air tùs, air na eidir-theangachadh, righ na fìreantachd, agus 'n a dhiaigh sin sòs, righ Shaleim, 's è sin, righ na siothchaint;

3 Gun athair, gun mhàthair, gun sinnsireachd, gun toiseach làithe, gun deireadh beatha aige; ach air a dheanamh cosmhuil re Mac Dhe, 'ta è fantuin 'n a shagart gu siorruidh.

4 'Noise thugaibh fainear cia mòr an duine so, d'an d' thug eadhon am priomh-athair Abraham an deachmha' do 'n chreich.

5 Agus gu deimhin iadsan do chloinn Lebhi, 'ta faghail na sagartachd, 'ta àithn' aca deachmha' thog'ail o 'n phobull do reir an lagha, sin r'a radh, o 'm bràithribh fein, ge do thainig iad amach a leasraidh Abraham:

6 Ach an ti nach 'eil air a shloinneadh uatha-san, fhuair è deachmha' o Abraham, agus bheannuich se eisean aig an raibh na geallanna.

7 Agus gun agadh sam bith, beannuichear an ti a 's lugha leis an ti a 's fearr.

8 Agus ann so 'ta daoine a gheibh bàs

* mharbhadh.

às a' faghail deachmha': ach ann
n 'ta fia'nais air *an ti a gheibh iad*,
u bheil fè † maırtheann.

9 Agus mar a dh'fheudas mi radh,
huaradh ann Abraham deachmha'
Lebhi fein, a thogas na deach-
aidh :

10 Oir bha è fòs ann leasraidh
thar, 'n uair a choinnich Melchise-
ec è.

11 Uime sin nan d' thigeadh
irfeachd tre shagartachd nan Le-
hiteach (oir is ann r'a linn a thu-
adh an lagh do 'n phobull) ciod am
um a bha air sagart eile eirigh
reir òrduigh Mhelchisedec, agus
ach biodh è air a ghairm a reir
rduigh Aaroin ?

12 Oir air do 'n t sagartachd
hi air a h atharrachadh, is eigin
n lagh bhi air atharrachadh mar
n ceudna.

13 Oir an ti air an labhrar na nithe
n, buinidh è do threibh eile, do
ach d' rinn aon neach frithealadh
ig an altair.

14 Oir *is* soilleir gur h ann o Iuda
h' eirich ar Tighearna, treabh
ir nach do labhair Maois ni air
ith thaobh sagartachd.

15 Agus ata è fos ni 's ro-shoil-
eire : am feadh gu'n d'eirich sagart
ile a reir cos'lais Mhelchisedec,

16 A rinneadh *'na shagart*, ni
ann a reir lagh àithne fheòlmhoir,
ch a reir cumhachd beatha gun
hrioch.

17 Oir ata è deanamh fia'nais,
ur sagart thu gach linn a reir
rduigh Mhelchisedec.

18 Oir gu deimhin 'ta an àithne
oimhe air a cur air cùl, air son i
hi anmhunn agus neo-tharbhach.

19 Oir cha d'rinn an lagh ni
am bith foirfe, ach *rinn* toirt a
teach dòchais a 's fearr è ; tre 'm
heil sinn a' teachd àm fogus do
hia.

20 Agus mhèud nach *d' rinneadh*
sagart deth gun mhionnaibh,

21 (Oir rinneadh sagarta dhiubh-
san as eugmhais mhionnan : ach
dheth-sin le mionnaibh, tre 'n ti a
dubhairt ris, Mhionnaich an Tigh-
earna, agus cha ghabh fè aithrea-
chas, *Is* sagart thu gu siorruidh do
reir òrduigh Mhelchisedec)

22 Is co'-mòr as sin a rinneadh
Iosa 'na urras air tiomnadh a's
fearr.

23 Agus bha gu deimhin mòran
diubhsan 'nan sagartaibh, do bhri'
gur bhacadh dhiubh leis a' bhas
bhi mairtheann.

24 Ach an *duine* so, do bhri' gu
mair è gu siorruidh, 'ta sagartachd
neo-chaochluidheach aige.

25 Air an àdhbhar sin 'ta è fòs
comasach air an droing a thig chum
Dhe trìd-sin, a shlànuchadh † gus
a' chuid a 's faide, do bhri' gu bheil
è beo gu siorruidh gu eidear-ghuidhe
dheanamh air an son.

26 Oir bha shamhuil sin do àrd-
shagart iomchu'idh dhuinne, *neach*
a'ta naomha, neo-lochdach, neo-
thruaillidh, air a sgaradh o phea-
cachaibh, agus a rinneadh ni 's àirde
na na neamha ;

27 Nach feum mar na h àrd-
shagairt ud iobairtean thoirt suas
gach là, air tùs air son a pheacaidh
fein, agus ann diaigh sin air son
peacaldh a' phobuill : oir rinn è so
aon uair, san àm a thug fè è fein mar
iobairt.

28 Oir ata an lagh a' deanamh
àrd-shagarta do dhaoinibh aig am
bheil anmhuinneachd ; ach *ata* focal
na mionn a bha ann diaigh an lagha,
a' deanamh àrd-shagairt do 'n Mhac,
a 'ta ‡ air a choisrigeadh gu sior-
ruidh.

CAIB. VIII.

1 *Le sagartachd shiorruidh Chriosd,*
'ta sagartachd Lebhiteach Aaroin
air

* beo. † gu h iomlan. ‡ air a dheanamh iomlan.

air a cur air cùl: 7 agus an cùmhnant aimsireil a rinneadh ris na sinnsiribh, le cùmhnant sior-ruidh an t soisgeil.

9 NOISE 's è so suim nan nithe a labhair sinn: 'Ta shamhuil sin do àrd-shagart againn, a 'ta air suidhe air deis righ-chaithir na mòrachd ann sna neamhaibh;

2 Ministeir na sanctuaire, agus an fhior thabernacail, a shuidhich an Tighearna, agus ni 'm bu duine.

3 Oir ata gach uile àrd shagart air òrduchadh chum tiodhlacaidh agus ìobairtean ofrail: uime sin b' eigin gu'm biodh aig an duine so mar an ceudna ni-eigin r'a * ofrail.

4 Oir nam biodh è air thalamh, cha biodh è 'n a shagart, do bhri' gu bheil sagairt ann a 'ta 'g ofrail thiodhlaca reir an lagha:

5 Muintir a 'ta deanamh seirbhis do shaimpleir agus do sgàile nan nithe neamhaidh, a reir mar a dh' òrduicheadh do Mhaois le Dia 'n uair a bha sè air tì an tabernacal a chur suas. Oir fèuch (deir sè) gu'n dean thu na h uile nithe reir an t saimpleir a nochdadh dhuit san t sliabh.

6 Ach a nois' fhuair è minisdreileachd a's ro-fhearr, a mhèud gu bheil è mar an ceudna 'n a eidirmheadhonair air cùmhnant a 's fearr, a chuaidh dhaingneachadh air geallaibh a 's fearr.

7 Oir nam biodh an ceud *chùmhnant* sin † gun uireasbhuidh, cha'n iarrtadh àite do'n dara *cùmhnant*.

8 Oir a' faghail croin doibh, a deir sè, Fèuch, thig na làith', (deir an Tighearna) ann san dean mi cùmhnant nuadh re tigh Israeil, agus re tigh Iuda:

9 Ni h ann a reir a' chùmhnaint a rinn mi r'an aithreachaibh ann san là a rug mi air làimh orra chum an treòrachadh amach a talamh na h Eipht; do bhri' nach ‡ do bhuanaich iad ann mo chùmhnant, agus chuir mise am mi-shuim iad, a deir an Tighearna.

10 Oir is è so an cùmhnant a ni mi re tigh Israeil ann diaigh nan làith' ud, deir an Tighearna; Cuiridh mi mo reachda 'nan inntin, agus sgriobhaidh mi iad air an croidhibh-sin: agus bithidh mi a'm' Dhia dhoibh, agus bithidh iadsan 'n am pobull damh-sa.

11 Agus cha teagaisg iad gach aon a choimhearsnach, agus gach aon a bhràthair, ag radh, Gabh eòlas air an Tighearna: oir bithidh eòlas aca uile orm, o'n neach a 's lugha gus an neach a 's mò dhiubh.

12 Oir bithidh mise tròcaireach d' an ea-ceirtibh, agus am peacaidh agus an aingidheachd cha chuimhnich mi ni 's mò.

13 'M feadh a deir sè, *Cùmhnant* nuadh, rinn è 'n ceud chùmhnant sean. 'Noise an ni a 'ta aosda agus air fas sean, tha è fogus do dhol as an t sealladh.

CAIB. IX.

1 *Tha è mìneachadh nan ìobairt fuidh 'n lagh, agus gach gnàthachadh a bha 'nan cuideachd;* 11 *tha iad gu mòr thaobh feobhais gaoraid air fuil agus ìobairt Chriosd.*

BHA ma seadh gu dearbh aig a' cheud tabernacal òrdunansaidh thaobh seirbhis De, agus sanctuaire shaoghalta.

2 Oir rinneadh an ceud tabernacal, ann s an raibh an coinnsleir, agus am bòrd, agus aran na fia'nais, ris an abrar *an t ionad* naomha.

3 Agus an taobh stigh do 'n dara roinn-bhrat, an tabernacal d' an goir'ear an t ionad a 's ro-naomha:

4 Ann s an raibh an tùiseoir òir, agus àirc a' chùmhnaint air a § comhdachadh mu 'n cuairt le h òr, ann s an raibh a' phoit òir ann s an raibh am manna, agus slat Aaroin

* thabhairt suas. † gun fhochd, chron. ‡ d' fhan. § folach.

roìh air an dà fhàs blàth, agus clàir a' chùmhnaint ;

5 Agus os a ceann, cherubim na glòire, ag cur sgàil air caithir na tròcair : mu nach urradh sinn a nois labhairt sa leith.

6 'Nois 'n uair a bha na nithe so air an cur ann òrdugh air an dòigh so, chuaidh na sagairt a ghnà a steach do'n cheud tabernacal, ag coi'-lionadh seirbhis *De:*

7 Ach do'n dara *tabernacal chuaidh* an t àrd-shagart 'n a aonar aon uair sa bhliadhna, ni b' ann as eugmhais fola, a dh' ofrail è air a shon fein; agus *air son* seatharain a' phobuill:

8 Air bhi do'n Spiorad naomh a' nochdadh le so, nach raibh fòs an t slighe chum an ionaid bu ro-naomha air a foillseachadh, 'm feadh a bha an ceud tabernacal fòs a' seasamh :

9 Ni a bha 'n a shamhla' * do'n aimsir a bha 'n sin a làthair, a'm's an raibh araon tiodhlacaidh agus iobairte air an ofrail, nach raibh comasach air an ti a bha deanamh na seirbhis sin a dheanamh foirfe, thaobh na coguis,

10 *An t seirbhis* a bha amhàin ann am bidheannaibh agus ann an deochannaibh, agus ann iomadh gnè ionnlada, agus deas-ghnàthachaibh a chuireadh mar uallaich orra gu àm an leasachaidh.

11 Ach air teachd dò Chriosd 'n a àrd-shagart nan nithe maithe a bha re teachd, tre thabernacal bu mhò agus bu dìongmhalta. nach d'rinneadh le làmhaibh, sin r'a radh, nach raibh do'n tog'ail so ;

12 Agus fòs ni tre t fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil fein chuaidh è steach aon uair do'n ionad naomha, air dha faorsa shiorruidh fhaghail *duinne.*

13 Oir ma ni fuil tharbh, agus ghabhar, agus luaithre aighe air a crathadh air an droing a bha neoghlan, an naomhachadh chum glanadh na feòla ;

14 Cia mòr is mò ni fuil Chriosd, a dh' ofrail è fein tre 'n Spiorad shiorruidh, gun lochd, do Dhia, bhur coguis-se ghlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do 'n Dia bheò?

15 Agus air a shon so is eisean eidir-mheadhonair an tiomna'-nuaidh, ionnas tre fhulangas a bhais, chum faorsa nan ea-coirtidh *a bha* fuidh 'n cheud tiomnadh *a chòsnadh*, gu 'm faigheadh iadsan a 'ta air an gairm gealladh na h oighreachd shiorruidh.

16 Oir far am bheil tiomnadh, is eigin bàs an tiomnuí'-fhir a bhi ann mar an ceudna.

17 Oir ata tiomna' daingean taireis bàis dhaoine : ach ni bheil bri' sam bith ann, am feadh 's ata 'n tiomnuí'-fhear beo.

18 Do reir sin, ni mò bha 'n ceud *thiomna*' air a choisrigeadh as eugmhais fola.

19 Oir 'n uair a labhradh gach uile àithne reir an lagha ris a' phobull uile le Maois, air gabhail da fuil laogh agus ghabhar, maille re h uisge, agus oluinn sgarlaid, agus hisop, chrath sè iad araon air an leabhar agus air a' phobull uile,

20 Ag radh, Si fo fuil an tiomnaidh a dh' àithn Dia dhuibhse.

21 Tuilleadh éile, chrath è mar an ceudna an t huil air an tabernacal, agus air soithichibh na naomh-sheirbhis uile.

22 Agus is beag nach 'eil na h uile nithe air an glanadh le fuil a reir an lagha ; agus as eugmhais dòrta' fola ni bheil maitheanas *r'a fhaghail.*

23 B' fheumail uime sin gu'm biodh samhlaidh nan nithe a 'ta sna neamhaibh air an glanadh leo so ; ach na nithe neamhaidh fein le iobairtibh a b' fhearr na iad so :

* dò reir na h aimsir.

24 Oir cha deachaidh Criosd a steach do na h ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithe a's iad fioghaire nam fior *ionad;* ach do neamh fein, chum a noise è fein a nochdadh ann am fia'nais De air ar son-ne:

25 No fòs chum è fein iobradh gu minic, mar a theid an t àrd-shagart gach bliadhn' a steach do'n ionad naomha, le * fuil nan atharrach:

26 (Oir mar sin b' fheumail è dh' fhulang gu minic o thoiseach an t saoghail) ach a noise dh'fhoillsicheadh è aon uair ann deireadh an t saoghail, chum peacadh chur air cùl trid è fein iobradh.

27 Agus amhuil ata è air òrduchadh do dhaoinibh bàs fhaghail aon uair, ach 'na dhiaigh so breitheanas:

28 Mar sin dh' ofraileadh Criosd aon uair chum gu tugadh è air falbh peacaidh mhòrain, ach an dara h uair foillsichear è do'n droing aig am bheil dùil ris, as eugmhais peacaidh, chum slàinte.

C A I B. X.

1 *Anmhuinneachd iobairte an lagha.* 10 *Thug iobairt cuirp Chriosd a dh' ofraileadh aon uair peacadh gu fìorruidh air falbh.* 19 *Earail chum an creidimh a ghleidheadh gu daingean, le foighidin agus buidheachas.*

OR air bhi aig an lagh sgàile nithe maithe re teachd, *agus* ni h è fior iomhaigh nan nithe fein, ni 'n comasach dha an droing a thig d'a ionnsuidh a choidhch' a dheanamh foirfe, leis na h iobairtibh sin a bha iad ag ofrail o bhliadhna gu bliadhna a ghnà'.

2 Oir ann sin nach sguireadh iad do bhi 'g an ofrail? do bhri' nach biodh aig luchd deanamh na naomh-sheirbhis tuilleadh coguis air bith peacaidh, air dhoibh bhi aon uair air an glanadh.

3 Ach ann sna *h iobairtibh* sin *nithear* ath-chuimhneachadh air peacaibh gach bliadhna.

4 Oir ni bheil è 'n comas gu tugadh fuil tharbh agus ghabhar peacaidh air falbh.

5 Uime sin ag teachd dha do 'n t saoghal, a deir sè, Iobairt agus ofrail ni 'm b' àill leat, ach dh' ull'uich thu corp dhamh-sa:

6 Ann an iobairtibh-loisgaidh, agus ann an iobairtibh air son peacaidh ni 'n raibh tlachd agad:

7 Ann sin a dubhairt mise, Fèuch, ataim ag teachd (ann rola an leabhair ata sùd sgriobhta orm) chum do thoils' a dheanamh, O Dhe.

8 Air dha a radh roimhe sin, Iobairt, agus ofrail, agus iobairte-loisgaidh, agus iobairt air son peacaidh ni 'm b' àill leat, agus ni 'n raibh do thlachd *annta* (a ta air an ofrail a rèir an lagha)

9 Ann sin a dubhairt sè, Fèuch, ataim ag teachd a dheanamh do thoil-se, O Dhe. 'Ta è cur air cùl a' cheud ni, chum gu 'n daingnich è an dara ni.

10 Leis an toil so 'ta sinne air ar naomhachadh, trid ofrail cuirp Iosa Criosd aon uair.

11 Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là, a' ministreileachadh agus ag ofrail nan iobairte ceudna gu minic, nithe do nach 'eil è 'n comas a choidhch' peacaidh thoirt air falbh:

12 Ach an duine so, taireis da aon iobairt ofrail air son peacaidh, shuidh se a choidhch' tuilleadh air deas làimh Dhe;

13 A' feitheamh o sin suas gus an cuir'ear a naimhde 'n an stol-chos fuidh chosaibh.

14 Oir le aon iobairt rinn è choidhch' foirfe iadsan a 'ta air an naomhachadh.

15 Agus ata an Spiorad naomh mar

* fuil nach leis fein.

mar an ceudna a' deanamh fia'nais duinne *air na nithibh so* : oir taireis da radh roimhe,

16 Is è so an cùmhnant a ni mi riu 'n diaigh nan làith' ud, deir an Tighearna ; Cuiridh mi mo lagh 'n an croidhe, agus sgriobhaidh mi è air an inntin :

17 Agus am peacaidh agus an ea-ceirte cha chuimhnich mi ni 's mò.

18 'Noise, far am bheil maitheanas nan nithe so, ni bheil ofrala air son peacaidh ann ni 's mò.

19 Uime sin, a bhràithre, do bhri' gu bheil dànachd againn chum dol a steach do 'n ionad a's naomha tre fhuil Iosa,

20 Air slighe nuaidh agus bheo a choisrig è dhuinne, trìd an roinnbhrat, sin r'a radh, tre fheoil fein.

21 Agus do bhri' gu bheil againn àrd-shagart os ceann tighe Dhe:

22 Thigeamaid am fogus le croidhe fior, ann làn dearbh-beachd a' chreidimh, le 'r croidheachaibh air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le 'r cuirp air an nigheadh le h uisge glan.

23 Cumamaid gu daingean aidmheil ar dòchais gun chlaonadh, (oir is fìrinneach an ti a gheall)

24 Agus thugamaid an aire d'a chéile chum ar brosnachadh gu gràdh, agus deadh oibribh :

25 Gun bhi leigeadh dhinn sinn fein a chruinneachadh ann ceann a chéile, mar is gnà' le dream àraidh; ach a' comhairleachadh *chéile :* agus gu ma mòid *a nisinn* so, do bhri' gu bheil sibh faicsinn an là a' tarruing am fogus.

26 Oir ma pheacaicheas sinn le 'r làn toil taireis duinn eòlas na fìrinn fhaghail, ni 'm fàgar tuilleadh dhuinn ìobairt air son peacaidh,

27 Ach dùil eaglach re breitheanas, agus feirg theinnteich, a sgriosas an t eas-caraid.

28 An ti a rinn tàir air lagh Mhaois, bhàsaich è gun tròcair, fuidh dhias no thriuir a dh' fhia'naisibh :

29 Cia mòr is measa na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar eisean toilltinneach, a shaltair fuidh chosaibh Mac Dhe, agus a mheas mar ni mi-naomha fuil a' chùmhnaint, leis an do naomhaicheadh è, agus a rinn tailceis air Spiorad nan gràs ?

30 Oir is aithne dhuinn an ti a dubhairt, *Is* leamsa dioghaltas, agus bheir mi * cuidhteachadh uam, deir an Tighearna : agus a-rìs, Bheir an Tighearna breith air a phobull.

31 *Is* ni eaglach tuiteam ann làmhaibh an De bheo.

32 Ach biodh ath-chuimhne agaibh air na làith' a chuaidh seachad, ann san d' fhuiling sibh, taireis duibh bhi air bhur soillseachadh, † gleachda mòr fulangais.

33 Ann an cuid am feadh a rinneadh sibh 'n ar ‡ ball-amhairc, araon tre mhasladh agus thriobloidibh ; agus ann an cuid, am feadh a rinneadh sibh 'n ar companaich dhoibhsin ris an do bhuineadh mar sin.

34 Oir bha co'-fhulangas agaibh riumsa ann am gheimhlibh, agus ghabh sibh le luath-ghair re creachadh bhur maoin, air dhuibh fios a bhi agaibh annaibh fein gu bheil agaibh air neamh maoin a's fearr agus a'ta mairtheanach.

35 Uime sin na tilgibh uaibh bhur muinghin, aig am bheil mòr dhìol-thuarasdal.

36 Oir ata feum agaibh air foighidin ; chum taireis duibh toil De a dheanamh, gu'm fuigh sibh an gealladh.

37 Oir fòs ùine bheag, agus an ti a'ta re teachd thig sè, agus cha dean è moille.

38 'Noise

* dìoladh. † cath. ‡ ball-àbhacais.

38 'Noise bithidh am fìrean beo tre chreidimh: ach ma philleas *neach sam bith* air ais, cha bhi aig m'anam-sa tlachd ann.

39 Ach cha 'n 'eil sinne do'n dream sin a theid air cùl chum sgrios; ach do'n dream a chreideas, chum slànuchadh an anama.

CAIB XI.

1 *Creud is creidimh ann.* 6 *As eugmhais creidimh ni'n comas duinn toil De a dheanamh:* 7 *deadh thoraidh a' ghrais sin ann sna h aithreachaibh o shean.*

NOISE is è creidimh bri' nan nithe re 'm bheil dòchas, dearbhadh nan nithe nach faicear.

2 Oir is ann trìd so a fhuair na sinnsir deadh theilteas.

3 Tre chreidimh 'ta sinn a' tuigsinn gur chruthaicheadh na saoghail tre fhocal De, ionnas nach d' rinneadh na nithe a chithear do nithibh a 'ta r'am faicsinn.

4 Tre chreidimh dh' ofrail Abel do Dhia lobairt ni 's fearr na Cain, trìd an d' thugadh teisteas dha gu'n raibh è 'na fhìrean, air bhi do Dhia a' deanamh fia'nais d'a thiodhlacaibh: agus tre *'n chreidimh* sin, air dha bhi marbh, ata sè fòs a' labhairt.

5 Tre chreidimh dh' atharraicheadh Enoch chum nach faiceadh sè bàs; agus cha d' fhuaradh è, do bhri' gu 'n d' atharraich Dia è: oir roimh atharracha' thugadh fia'nais da, Gu'n do thaitinn è re Dia.

6 Ach as eugmhais creidimh ni bheil è 'n comas a thoileachadh: oir is eigin do'n ti a thig a dh' ionnsuidh Dhe, a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur neach è a bheir * luach-taoithreach do'n droing a dh' iarras è gu dìchiollach.

7 Tre chreidimh air do Noe rabhadh fhaghail o Dhia mu thimchioll nithe nach raibh fòs r'am faicsinn, agus eagal a ghabhail, dh'uil'uich sè àirc chum tearnadh a theaghlaich; tre 'n do dhìt è an saoghal, agus rinneadh è 'na oighre air an fhìreantachd ata thaobh creidimh.

8 Tre chreidimh, 'n uair a ghairmeadh Abraham gu dol amach do ionad a bha è gus fhaghail ann diaigh sin mar oighreachd, fhreagair è; agus dh' imich è 'mach gun fhios a bhi aige c'àit' an raibh è dol.

9 Tre chreidimh bha è air chuairt ann talamh a' ghealladh, mar ann tìr choimheich, a' gabhail comhnuidh ann am pàilliunaibh maille re h Isaac agus Iacob, co'-oighreachan a' ghealladh cheudna.

10 Oir bha sùil aige re baile le bunaitibh, air am *bheil* Dia 'na fhear-deanamh agus 'na fhear-tog'ail.

11 Tre chreidimh fòs fhuair Sara fein neart gu sliochd a ghabhail 'na broinn, agus rug i leanabh 'n diaigh dh'i dol thar aois *cloinne*, do bhri' gur mheas i gu'n raibh eisean fìrinneach a thug an gealladh.

12 Uime sin ghineadh o aon amhàin, agus eisean ionann agus marbh, sliochd mar reulta nèimhe thaobh lionmhoireachd, agus mar a' ghaineamh air tràigh na fairge do-àireamh.

13 Fhuair iad so uile bàs ann an creidimh, gun na geallanna fhaghail, ach air dhoibh am faicsinn fad' o làimh, agus an creidsinn, † ghabh iad riu, agus dh' aidmhich iad gu'm bu choigrich agus luchd-cuairt air an talamh iad fein.

14 Oir an droing a deir na nithe sin, ata iad a' nochdadh gu soilleir gu bheil iad ag iarraidh dùthcha.

15 Agus gu fìrinneach nam biodh iad cuimhneach air an *dùthaich* sin, as an d' thainig iad amach, dh' fheudadh iad àm iomchu'idh fhaghail air pilleadh:

16 Ach

* quais.

† rinn iad greim orra.

16 Ach a noise 'tà deidh aca air dùthaich a's fearr, eadhon *dùthaich* neamhaidh: uime sin cha nàr le Dia, gu'n goir'ear an Dia-san dheth: oir dh' ull'uich è dhoibh baile.

17 Tre chreidimh dh' ofrail Abraham, air dha bhi air a dheargbhadh, *a mhac* Isaac: agus dh' ofrail an ti a fhuair na geallanna aonghin *mhic:*

18 * Mu 'n dubhradh, Ann Isaac goir'ear do shliochd:

19 A' breithneachadh gu 'm bu chomasach Dia air a thog'ail eadhon o na marbhaibh; o'n d' fhuair sè è fòs ann cosamhlachd.

20 Tre chreidimh bheannuich Isaac Iacob agus Esau mu thimchioll nithe a bha re teachd.

21 Tre chreidimh bheannuich Iacob, ag faghail bàis da, dias mhac Ioseph; agus rinn è àdhradh, *a' leigeadh a* † *thaic* air bàrr a bhataidh.

22 Tre chreidimh rinn Ioseph, re àm faghail a' bhàis da, iomradh air dol amach chloinn Israeil; agus thug sè àithne mu thimchioll a chnàmh.

23 Tre chreidimh 'n uair a rugadh Maois, dh' fholaicheadh è tri mìosa le pharantaibh, do bhri' gu'm fac' iad gur bu leanabh tlachdmhor è; agus cha raibh ‡ faitcheas orra roimh àithne an righ.

24 Tre chreidimh air teachd gu h aois do Mhaois, dhiùlt è bhi air a ghairm 'na mhac do inghin Pharaoh;

25 A' gabhail mar roghuinn triobloid fhulang maraon re pobull De, roimh shòlas a' pheacaidh a mhealtuinn rè seal;

26 A' meas gu'm bu mhò an saibhreas masladh Chriosd na ionmhuis na h Eipht: oir bha sùil aige ris an § luach-saoithreach.

27 Tre chreidimh thréig è 'n Eipht, gun eagal a bhi air roimh chorruich an righ: oir bha è làidir 'n a inntin mar neach a bha faicsinn an ti a 'ta neo-fhaicsinneach.

28 Tre chreidimh ghleidh sè chàisg, agus an dòrtadh fola, chum nach beanadh an ti a sgrios na ceudghin riu-san.

29 Tre chreidimh chuaidh iad trìd an fhairge ruaidh mar tre thalamh tiorum: ni 'n uair a thug na h Eiphitich ionnsuidh air a dheanamh, bhàthadh iad.

30 Tre chreidimh thuit ballaidh Iericho, taireis bhi air an cuartachadh rè seachd làith'.

31 Is ann tre chreidimh nach do sgriosadh Rahab a bhan-strìopaiche maraon riu-san nach do chreid, 'n uair a ghabh i ris an luchd-brathaidh ann siothchaint.

32 Agus creud tuilleadh a deirim? oir theirgeadh an ùine dhamh ann an labhairt mu Ghedeon, Bharac agus Shampson, agus Iephthae, Dhaibhidh fos agus Shamuel agus na fàidhibh:

33 Muintir tre chreidimh a bhuadhaich rioghachda, a dh' oibrich fìreantachd, a fhuair geallanna, a dhruid beoil leòmhan,

34 A chaisg neart teine, a chuaidh as o fhaobhar a' chloidheimh, o anmhuinneachd a rinneadh neartmhor, a dh' fhàs treun ann cath, a chuir air theicheadh armailte nan coimheach.

35 Fhuair mnài am mairbh air an tog'ail a-rìs gu beatha: agus chràidh-phianadh dream eile, gun iad a ghabhail re saorsa; chum gu fuigheadh iad ais-eirigh a b' fhearr.

36 Fhuair dream eile fèuchainn do fhanoidibh *ain-iochdmhor*, agus do sgiùrsaibh, seadh fòs, do gheimhlibh agus do phrìosun.

37 Chlochaoh iad, shàbhadh as a cheile iad, bhuaireadh iad, chuireadh gu bàs leis a' chloidheamh iad:

* Ris an dubhradh, † chud-thròm. ‡ eagal. § duais.

iad : chuaidh iad 'n am *fògaraich* mu'n cuairt ann croicnibh chaorach agus ghabhar, ann an uireasbhuidh, ann an triobloidibh, ann an cradh :

38 (Dream air nach b' airidh an saoghal) a' dol air seacharan ann am fàsaichibh, agus air sleibhtibh, agus ann an uamhaibh agus ann an slochdaibh na talmhain.

39 Agus air dhoibh so uile deadh theisteas fhaghail tre chreidimh, cha d' fhuair iad an gealladh :

40 Air do Dhia ni-eigin a's fearr a sholar dhuinne, ionnas nach biodh iadsan air an deanamh foirfe as ar n eugmhais-ne.

CAIB. XII.

1 *Earail chum bhi bunaiteach ann an creidimh, foighidin, agus diadhachd.* 22 *Moladh an Tiomna'-nuaidh os ceann an t Sein-tiomnai'.*

UIME sin, air dhuinne fòs bhi air ar cuartachadh le nèul co'-mòr a dh' fhia'naisibh, cuireamaid dhinn gach uile leth-trom, agus am peacadh a 'ta gu furas ag iathadh umainn, agus ruidheamaid le foighidin * a' choi'-liong a chuireadh romhainn,

2 Ag amhare air Iosa † ceannard agus fear-criochnaich ar creidimh, neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh' fhuiling an crann-ceusaidh, ag cur na nàire ann neo-shuim, agus a shuidh air deis ri'-chaithir Dhe.

3 Oir thugaibh fainear eisean a dh' fhuiling a shamhail sin do an-cainnt o pheacachaibh 'n a aghaidh fein, 'n t eagal gu 'm bi sibh sgìth agus fann ann bhur n inntinnibh.

4 Cha d' rinn sibh fòs strì'-sheasamh gu fuil, a' cathachadh ann aghaidh peacaidh.

5 Agus dhi-chuimhnich sibh an earail a 'ta labhairt ribh mar re cloinn, A mhic, na cuir ann neo-prìs smachdachadh an Tighearna, agus na fannaich 'n uair a chronaichear leis thu :

6 Oir an ti a's ionmhuinn leis an Tighearna, smachduichidh sè è, agus sgiùrsaidh sè gach mac ris an gabh è.

7 Ma ghiùlaineas sibh smachdachadh, 'ta Dia a' buntuin ribh mar re cloinn : oir co am mac nach smachdaich an t Athair ?

8 Ach ma 'ta sibh as eugmhais smachdachaidh, d'am bheil na h uile 'n an luchd co'-pairt, ann sin is clann dìolain sibh, agus ni 'n clann *dligheach*.

9 Tuilleadh eile, bha againn aithreacha thaobh na feòla, a smachdaich sinn, agus thug sinn urram dhoibh : nach mòr is mò *is còir dhuinn* bhi ùmhal do Athair nan spiorad, agus a bhi beo ?

10 Oir gu deimhin smachduich iadsan sinn rè beagan do laithibh ‡ reir an toile fein ; ach eisean chum ar tairbhe, ionnas gu'm bitheamaid 'n ar luchd co'-pairt d'a naomhachd.

11 Ach cha mheasar smachdachadh air bith am feadh 's ata è làthair sòlasach, ach doilgheasach : gidheadh, ann dei'-laimh bheir è uaithe toradh siothchail na fìreantachd, do 'n droing a'ta *gu dligheach* air an cleachdadh ris.

12 Uime sin, togaibh suas na làmhan a 'ta air tuiteam sios, agus *neartaichibh* na glùine lag.

13 Agus deanaibh cos-cheuma dìreach d'ar cosaibh, 'n t eagal gu'm bi an ni sin a 'ta bacach air a thionndadh as an t slighe, ach gu ma mò bhiodh è air a shlànuchadh.

14 Leanaibh siothchaint maille ris na h uile dhaoinibh, agus naomhachd, ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearna :

15 A' toirt ro-aire, 'n t eagal § gu 'n d' thig neach sam bith a dhei'-laimh air gràs De ; 'n t eagal air fàs suas do fhrèimh shearbhais sam

* an réis. † ùghdair. ‡ mar bu taitneach leo. § gu'n claon neach sam bith o ghràs De.

ìam bith, gu'n cuir è dragh oirbh, agus le ſo gu'm bi mòran air an àlchadh :

16 'N t eagal gu'm bi fear-ſtrìopachais ann, no neach * mi-naomha ìam bith, mar Eſau, a reic air ſon ton † ghreim bìdh còir a cheudbhreithe.

17 Oir ata fhios agaibh 'n uair a b' àill leis ann diaigh ſin am beannachadh ſhealbhachadh, gur dhiùltadh è : oir cha d' fhuair ſè aite aithreachais, ge do dh' iarr ſè è gu dùrachdach le deuraibh.

18 Oir cha d' thainig ſibh chum an t ſleibh ris am feudta beantuin, agus a bha loſgadh le teine, no chum duibhre, agus dorchadais agus doininn,

19 Agus fuaim na trompaid, agus guth nam briathra, ionnas gur ghuidh an droing a chual' è nach labhairteadh am focal riu tuilleadh :

20 (Oir cha b' urradh iad an ni ſin a chuaidh àithneadh dhoibh iomchar, Agus ma bheanas fiu ainmhidh ris an t ſliabh, clochar è, no cuirear ſleagh amach trìd.

21 Agus bu co'-uabhaſach an ſealladh, as gu'n dubhairt Maois, 'Ta eagal ro-mhòr agus crith orm)

22 Ach tha ſibh air teachd gu ſliabh Shioin, agus gu caithir an De bheo, an Ieruſalem neamhaidh, agus cuideachd gun àireamh do ainglibh,

23 Gu làn choi-'thional agus eaglais nan ceud-ghin, a 'ta ſgriobhta ſna neamhaibh, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu ſpioradaibh nam f ìrean air an deanamh foirfe,

24 Agus gu h loſa eidir-mheadhoin-f hear a' chùmhnainte nuaidh, agus chum fuil a' chrathaidh, a 'ta labhairt nithe a 's fearr na *fuil* Abeil.

25 Thugaibh aire nach diùlt ſibh eiſean a 'ta labhairt : oir mur deachaidh iadſan as a dhiùlt an ti

* mi-choiſrigte. † làn beoil do bhiadh,

a labhair *o Dhia riu* air talamh, is mòr is lugha na ſin *a theid* ſinne *as*, ma thionnda's ſinn air falbh uaithe-ſin a 'ta labhairt o neamh.

26 Neach a chrath a ghuth an talamh ann ſin : ach a noiſe gheall è, ag radh, Aon uair eile fòs cratham ni h è an talamh amhàin, ach flaitheamhnas mar an ceudna.

27 Agus ata *am focal* ſo, Aon uair eile, a' ciallachadh atharrachadh nan nithe ſin a chrathadh, mar nithe a rinneadh, chum gu fanadh na nithe nach ‡ gabh crathadh.

28 Uime ſin air dhuinne rioghachd f haghail nach feudar a ghluaſachd, § biodh againn gràs, leis an dean ſinn ſeirbhis gu taitneach do Dhia, le h urram agus eagal diadhaidh.

29 Oir is teine dian-loiſgeach ar Dia-ne.

C A I B. XIII.

1 *Comhairlean eag-ſamhla chum ſeirc,* 4 *chum caithe'-beatha chiatfaich,* 5 *chum ſannt a ſheachnadh,* 7 *chum bhi dleaſdanach do luchd ſearmonachaidh an t ſoiſgeil,* 9 *bhi air ar faicill o theagaſgaibh coimheach.* 16 *Déirce thoirt uatha :* 17 *bhi ùmhal do uachdranaibh :* 18 *ùrnuigh a dheanamh air ſon an abſtoil.* 20 *An co'-dhùnadh.*

FANADH gràdh bràthaireil *agaibh.*

2 Na dearmadaibh aoidheachd a thoirt do choigrich ; oir leis a ſo thug dream àraidh aoidheachd do ainglibh gun f hios doibh.

3 Bithibh cuimhneach orra-ſan a 'ta ceangailte, mar gu'm biodh ſibh ceangailte maraon riu ; agus air an droing a 'ta fulang an-ſhocair, mar mhuintir a 'ta ſibh fein fòs ann ſa choluinn.

4 Is onorach am pòſadh ànn ſna h uile, agus an leabadh neo-ſhalach : ach air luchd ſtrìopachais agus adhaltrannais bheir Dia breith.

5 *Biodh*

‡ feudar a chrathadh. § deanamaid greim air gràs,

5 *Biodh bhur* caithe'-beatha as eugmhais fainnt; agus bithibh toilichte leis na nithibh a 'ta làthair agaibh: oir a dubhairt fè, Cha 'n fhàg, agus cha tréig mi am feaſt thu.

6 Ionnas gu'm feud ſinn a radh gu dàna, 'S è 'n Tighearna m' fhear-cuidich, agus cha'n eagal leam ciod a ni duine orm.

7 Bithibh cuimhneach air bhur cinn-iuil, a labhair ribh focal De: leanaibh an creidimh-ſin, ag beachdachadh air crìch an caithe'-beatha.

8 Iofa Crioſd an dé, agus an diugh, agus gu ſiorruidh an ti ceudna.

9 Na bithibh air bhur giùlan mu 'n cuairt le teagaſgaibh eagſamhla coimheacha: oir is maith an ni an croidhe bhi air a * ſhocrachadh le gràs, ni h ann le bidheannaibh, nithe nach d' thug tairbhe do 'n droing a ghnàthaich iad.

10 'Ta altair againne dheth nach 'eil còir aca-ſan a bheag itheadh, a 'ta deanamh ſeirbhis do'n tabernacal.

11 Oir ata cuirp nan ainmhidhean ſin, aig am bheil am fuil air a toirt a ſteach air ſon peacaidh do 'n ionad naomha leis an àrdſhagart, air an loſgadh ann leith 'muigh do 'n champa.

12 Uime ſin chum gu'n deanadh Iofa am pobull a naomhachadh le fhuil fein, dh' fhuiling fè fòs an taobh 'muigh do 'n gheata.

13 Air an àdhbhar ſin rachamaid amach d'a ionnſuidh-ſe an taobh a muigh do 'n champ, a' giùlan a mhaſlaidh-ſin.

14 Oir ann ſo ni bheil againn baile † fantuinneach, ach ata ſinn ag iarraidh a h aon a'ta re teachd.

15 Uime ſin trìd-ſin ofralamaid ìobairt buidheachais do Dhia a ghnà', 's è ſin, toradh *ar* bilidh, a' toirt molaidh d'a ainm.

16 Ach na di-chuimhnichibh maith a dheanamh, agus co'-roinn a thoirt uaibh: oir ata an leithide ſin do ìobairtibh taitneach do Dhia.

17 Bithibh ‡ freagarrach d' ar cinn-iuil, agus thugaibh géill doibh: oir ata ſiad re faire air bhur n anamaibh, mar mhuintir d'an eigin cunntas thoirt uatha: chum gu'n dean iad è le gàirdeachas, agus ni h è le doilgheas: oir ata ſo neotharbhach dhuibhſe.

18 Deanaibh ùrnuigh air ar ſoinne: oir is dòigh leinn gu bheil deadh choguis againn, air dhuinn bhi toileach ar beatha a chaitheamh gu cubhaidh ann ſna h uile nithibh.

19 Ach is mòid a ghuidheam oirbh ſo a dheanamh, chum gur luathaid' a dh' aiſigear miſe dhuibh.

20 'Noiſe gu deanadh Dia na ſiothchaint a thug air ais o na marbhaibh ar Tighearna Iofa, àrdbhuachaille nan caorach, tre fhuil a' chumhnainte ſhiorruidh,

21 Sibhſe coi'-lionta ann s gach uile dheadh obair, chum ſibh a dheanamh a thoil-ſin, ag oibreachadh annaibh an ni a 'ta taitneach 'n a làthair-ſin, tre Iofa Crioſd; dha-ſan *gu raibh* glòir gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

22 Agus guidheam oirbh, a bhràithre, ſibh a ghiùlan ſocal na h earalach; oir ſgriobh mi gu h aithghearra' d'ar n ionnſuidh.

23 Biodh fhios agaibh, gur chuireadh ar bràthair Timoteus air a chomas; maille ris-ſin, ma thig è gu gaoraid, chi mi ſibh.

24 Cuiribh failte orra-ſan uile a'ta 'nan cinn-iuil duibh, agus air na naoimh uile. 'Ta muintir na h Eadailt' ag cur failte oirbh.

25 Gràs *gu raibh* maille ribh uile. Amen.

LITIR

* dhaingneachadh. † a mhaircas. ‡ ùmhal.

LITIR choitchionn an ABSTOIL SHEUMAIS.

CAIB. I.

1 *'S còir dhuinn gàirdeachas a dheanamh fuidh thriobloid,* 5 *gliocas iarraidh o Dhia,* 13 *agus ann ar fèuchainnibh gun ſinn a chur ar n anmhuinneachd no ar peacaidh as a leith-ſin,* 19 *ach gu'm bu fearr leinn eiſdeachd ris an fhocal, bhi ſmuainteachadh air, agus ar beatha chaitheamh d'a reir :* 26 *as eugmhais fo feudaidh daoine bhi coſmhuil re droing a'ta diadhaidh, ach cha bhi iad mar ſin do rèreadh.*

1 TA Seumas ſearbhant Dhe, agus an Tighearna Ioſa Crioſd, a' cur beannachd chum an dà-threibh-dheug a'ta air an ſgapadh o chéile.

2 Mo bhràithre, meaſaibh mar an uile ghàirdeachas 'n uair a thuiteas ſibh ann iomadh gnè bhuairibh;

3 Air dhuibh fios *ſo* bhi agaibh, gu'n oibrich dearbhadh bhur creidimh foighidin.

4 Ach biodh aig an fhoighidin *a* h obair dhiongmhalta fein, chum 's gu'm bi ſibh diongalta agus iomlan, gun uireasbhuidh ni ſam bith.

5 Ma 'ta aon neach agaibh a dh' uireasbhuidh gliocais, iarradh è *ſin* o Dhia, a bheir do gach neach gu pailt', agus * nach dean maoidheamh ; agus bheirear dha è.

6 Ach iarradh è le creidimh, gun bh- fuidh amharus ſam bith : oir an ti a 'ta fuidh amharus, is coſmhuil è re tonn na fairge, a ſhéidear le gaoith, agus a' ta air a † luaſgadh chuig' agus uaithe.

7 Oir na ſaoileadh an duine ſin gu'm ſuigh è ni air bith o 'n Tighearna.

8 'Ta fear na h inntin dùbailt' neo-ſheaſmhach 'n a uile ſhlighibh.

9 Deanadh am bràthair a 'ta ìoſal gàirdeachas gu'n d' àrdaicheadh è :

10 Ach an duine ſaibhir, gu'n d' ìſlicheadh è : do bhri' mar bhlàth an fheoir gu'n d' theid è thairis.

11 Oir air eirigh do'n ghréin le dian theas, crionaidh ſi am feur, agus tuitidh a bhlath, agus ‡ theid maiſe a dhreach am mugha : 's amhuil ſin fòs a ſheargas an duine ſaibhir 'n a ſhlighibh.

12 'S beannuicht' an duine a ghiùlaineas buaireadh : oir 'n uair a dhearbhar è, gheibh sè crùn na beatha, a gheall an Tighearna do'n droing a ghràdhaicheas è.

13 Na abradh neach ſam bith 'n uair a bhuairear è, 'Ta mi air mo bhuaireadh le Dia : oir ni 'n comaſach Dia a bhuaireadh le h ole, ni mò bhuaireas è neach ſam bith.

14 Ach tha gach duin' air a bhuaireadh, 'n uair a thairngear, agus a bhreugar è le ain-mhiann fein.

15 Ann ſin air bhi do'n ain-mhiann torrach, beiridh sè peacadh : agus air do'n pheacadh bhi air a chriochnachadh, beiridh sè bàs.

16 Na bithibh air bhur mealladh, mo bhràithre gràdhach.

17 'Ta gach uile dheadh thabhartas, agus gach uile § thiodhlac' iomlan o'n àird', a' teachd a nuas o Athair na ſoillſe, maille ris nach 'eil atharrachadh, no ſgàile tionndaidh.

18 O thoil fein ghin è ſinn le focal na firinn, chum gu'm bitheamaid 'n ar gnè cheud-toraidh d'a chreatuiribh.

* nach cuir nàire. † fhuadachadh. ‡ theid as do mhaiſe a dhreach. § ghibht.

19 Uime fin, mo bhràithre grà-dhach, biodh gach uile dhuine ealamh chum eifdeachd, mall chum labhairt, mall chum feirge:

20 Oir cha 'n oibrich fearg duine fìreantachd Dhe.

21 Uime fin cuiribh uaibh gach uile fhalchar, agus * iomaduigh miruin, agus gabhaibh d'ar ionnfuidh le † macantas am focal a 'ta air a fhuidheachadh annaibh, a 'ta comafach air bhur n anama a fhàbhaladh.

22 Ach bithibhfe 'n ar ‡ luchd-chur-ann-gniomh an fhocail, agus ní b' ann 'n ar luchd-eifdeachd amhàin, 'g ar mealladh fein.

23 Oir ma 'ta neach air bith 'n a fhear-eifdeachd an fhocail, agus ni h ann 'n a fhear-deanamh *d'a reir*, is cofmhuil è re duine a 'ta 'g amharc air aghaidh nàdurra fein ann an fgàthan:

24 Oir bheachdaich sè air fein, agus dh' imich è roimhe, agus dhi-chuimhnich sè air ball ciod § an cos'las duin' a bh' ann fein.

25 Ach ge b'è bheachdaicheas gu dùrachdach air lagh diong'alta na faorfa, agus a bhuanaicheas *ann*, gun è bhi 'n a fhear-eifdeachd dearmadach, ach 'n a fhear-deanamh na h oibre, bithidh an duine fo beannuichte 'n a ‖ dheanadas.

26 Ma fhaoileas neach air bith 'n ar meafg gu bheil è diadhuidh, gun bhi cur fréin r'a theangaidh, ach a' mealladh a chroidhe fein, is diomhaoin diadhachd an duine fo.

27 'S i fo an diadhachd fhior-ghlan agus neo-fhalach am fia'nais De agus an Athar, dìleachda agus ban-tr'acha fhiofrachadh 'n an trioblóid, *agus* neach 'g a choimhead fein gun fmal o'n t faoghal.

CAIB. II.

1 *Cha 'n 'eil è coi'-fhreagradh d' ar n aidmheil chriofdaidh fuim a bhi againn do dhaoinibh faibhre agus tàir a dheanamh air ar bràithribh bochda;* 13 *'s mò bu chòir dhuinn bhi feirceil agus tròcaireach:* 14 *agus gun uaill a dheanamh a creidimh far nach 'eil oibridh:* 17 *ni ann s nach 'eil ach creidimh marbh,* 19 *creidimh nan deamhan,* 21 *ea-cofmhuil re creidimh Abraham,* 25 *agus Rahab.*

MO bhràithre, na biodh agaibh creidimh ar Tighearna lofa Criofd, *Tighearna* na glòire, maille re gnùis-bhreith.

2 Oir ma thig a' fteach d'ar coi'-thional duine air am bheil fainne òir, ann an eadach dealrach, agus gu'n d' thig a fteach mar an ceudna duine bochd ann an eadach fuarrach;

3 Agus gu'n amhairc fibh le meas air an duine fin air am bheil an deadh thrufgan, agus gu'n abair fibh ris, Suidh thus' ann fo ann an àite ** inbheach; agus gu'n abair fibh ris an *duine* bhochd, Seas thus' ann fin, no fuidh ann fo fuidh ftòl mo chos:

4 Nach 'eil fibh mar fin leith-bhreitheach annaibh fein, agus nach d' rinneadh fibh 'n ar breitheannaibh air dhroch fmuaintibh?

5 Eifdibh, mo bhràithre gràdhach, nach do thagh Dia bochdan an t faoghail fo, faibhir ann an creidimh, agus 'n an oighreachaibh air an rioghachd, a gheall è dhoibhfin a ghràdhaicheas è?

6 Ach thug fibhfe eas-onoir do'n bhochd. Nach 'eil na daoine faibhir †† re ain-tighearnas oirbh, agus 'g ar tarruing gu caithreacha-breitheanais?

7 Nach 'eil iad a toirt ‡‡ toibheim do'n ainm §§ òirdheirc, a dh' ainmichear oirbh?

8 Ma choi'-lionas fibh an lagh rioghail a reir an fgriobtuir, Gradhaich

* aingidheachd an-barrach. † ceann fachd. ‡ luchd-deanamh. § a' ghrè dhuine. ‖ ghniomh. ** maith, urramach. †† a' deanamh foirneart oirbh. ‡‡ maflaidh. §§ urramach,

dhaich do choimhearsnach mar thu fein, is maith a ni sibh.

9 Ach * ma ni sibh leith-bhreith air daoinibh, ata sibh a' deanamh peacaidh, agus tha sibh air bhur sag'ail fhios leis an lagh mar a luchd-brisidh.

10 Oir ge b'è neach a choimheadas an lagh uile, agus a † thuisleas ann aon *àithne*, 'ta sè cionta ch do'n iom-lan.

11 Oir an ti a dubhairt, Na dean adhaltrannas; a dubhairt sè mar an ceudna, Na dean morta. 'Noise ge nach dean thu adhaltrannas, gidheadh ma ni thu morta, rinneadh fear-brisidh an lagha dhiot.

12 Gu ma h amhluidh sin a labhras sibhse, agus gu ma h amhluidh a ni sibh, mar iadsan air an d' theid breith a thoirt le lagh na saoirsa.

13 Oir gheibh eilean breitheanas gun tròcair, nach d' rinn tròcair; agus ni tròcair gàirdeachas ann aghaidh breitheanais.

14 Ciod an tairbhe, mo bhràithre, ge do their aon neach gu bheil creidimh aige, agus gun oibridh bhi aige? an urradh creidimh a shlànuchadh?

15 Ma bhios bràthair no piuthar lom-nochd, agus a dh' uireasbhuidh teachd-ann-tir lathail;

16 Agus gu'n abair neach agaibhse riu, Im'ichibh ann siothchaint, bithibh air bhur garadh, agus bithibh air bhur sasuchadh: gidheadh nach tabhair sibh dhoibh na nithe sin a 'ta feumail do'n chorp; creud an tairbhe *'ta ann?*

17 Is amhuil sin creidimh mar an ceudna, mur bi oibridh aige, 'ta sè marbh air dha bhi 'n a aonar.

18 Ach a deir neach àraidh, 'Ta agadsa creidimh, agus ata oibridh agamsa: ‡ nochd dhamh sa do chreidimh as eugmhais t oibridh, agus nochdaidh misè dhuitse mo chreidimh le m' oibribh.

19 Tha thu creidsinn gu bheil aon Dia ann; is maith a ni thu: tha na deamhain a' creidsinn mar an ceudna, agus ata siad air chrith.

20 Ach, O dhuine dhiomhaoin, an àill leat fios fhaotain, gu bheil creidimh as eugmhais oibridh marbh?

21 Nach deachaidh ar n athair Abraham fhìreanachadh le oibribh, 'n uair a § dh' ofrail è mhac Isaac air an-altair?

22 Nach léir leat cionnas a cho'-oibrich creidimh le ghniomharthaibh, agus a rinneadh creidimh iom-lan le oibribh?

23 Agus choi'-lionadh an sgriobtuir a deir, Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da mar fhìreantachd: agus ghoireadh caraid De dheth.

24 Chi sibh uime sin gu'm fìreanaichear duine le oibribh, agus nì h ann le creidimh amhain.

25 Amhuil sin mar an ceudna, nach raibh Rahab a' bhan-strìopaiche air a fìreanachadh le oibribh, 'n uair a ghabh i ris na teachdoiribh, agus a chuir i 'mach air slighe eile iad?

26 Oir amhuil ata 'n corp marbh as eugmhais an spioraid, mar sin mar an ceudna 'ta creidimh marbh as eugmhais oibridh.

CAIB. III.

1 *Cha chòir grad-bhreith a thoirt air daoin' eile, no an cronachadh gu ladarna; 5 ach is mò is còir dhuinn srian a chur r ar teangaidh, bail beag, ach a'ta 'n a h inneal cumhachdach chum mòr inhaith agus uile a dheanamh: 13 tha 'n dreing sin a 'ta fìor-ghlic ciuin agus siothchail, gun tnù, gun strì'.*

MO

* ma 'ta agaibh suim do phearsa seach a chéile, † bhriseas aon phonc, ‡ seuch, taisbein. § thug è seas mar iobairt.

MO bhràithre, na bithibh 'n ar mòran mhaighistiribh, air dhuibh fios a bhi agaibh gu'm fuigh sinn an tuilleadh breitheanais.

2 Oir ann am mòran nithe 'ta sinn uile ciontach. Mur 'eil duine ciontach ann am focal, *is* duine iomlan an ti sin, comasach mar an ceudna air srian a chur ris a' chorp uile.

3 Fèuch, ata sinn a' cur * shrian am beul nan each, chum 's gu'm bi iad ùmhal dhuinn; agus tionndaidh sinn an corp uile mu'n cuairt.

4 Fèuch mar an ceudna na lòngа, ge do tha iad co'-mòr, agus ge do shéidear iad le garbh ghaothaibh, gidheadh iompoichear mu'n cuairt iad le sdiuir ro-bhig, ge b'è àird gus am miann leis an sdiùradoir.

5 Is amhuil sin is ball beag an teanga, agus ni i mòr uaill. Fèuch cia mèud an connadh a lasas teine beag!

6 Agus *is* teine an teanga, saoghal do aingidheachd: mar sin 'ta an teanga air a suidheachadh 'measg ar ball, ionnas gu'n salaich i 'n corp gu h-iomlan, agus gu'n las i cùrsa an nàduir; agus i fein air a lasadh o ifrionn.

7 Oir ata gach uile ghnè fhiadhbheathaiche, agus èunlaith, agus naithreacha, agus nithe san fhairge, air an ceannsachadh, agus cheannsaicheadh iad leis a' chinne'-daonna:

8 Ach ni 'n comasach do dhuin' air bith an teanga cheannsachadh; *is* olc do-chasgaidh *i*, làn do nimh marbhtach.

9 Leatha-sa 'ta sinn a' beannachadh Dhe, cadhon an Athar; agus leatha-sa 'ta sinn a' mallachadh dhaoine, a rinneadh a reir cosamhlachd Dhe.

10 As an aon bheul ata beannachadh agus mallachadh a' teachd amach. Mo bhràithre, cha chòir do na nithibh so bhi mar sin.

11 An cuir tobar amach as an aon sùil *uisge* milis agus searbh?

12 Am feud craobh-fhìge, mo bhràithre, dearcan ola a thoirt uaipe? no a' chraobh-fhiona, figidh? mar sin ni 'm feud tobar sam bith sàile agus uisge milis a thoirt uaithe araon.

13 Co *a 'ta* 'n a dhuine glic agus aig am bheil eòlas 'n ar measg? nochdadh sè a deadh chaithe'-beatha oibridh le ceannsachd gliocais.

14 Ach ma 'ta searbh-èud agus coi'-strì' agaibh 'n ar croidhe, na deanaibh uaill, agus na deanaibh breug ann aghaidh na fìrinn.

15 Ni h ann o'n àirde 'ta 'n gliocas so a' teachd anuas, ach *ata* sè talmhaidh, collaidh, diabhlaidh.

16 Oir far am *bheil* farmad agus coi'-strì', ann sin *ata* an-riaghailt, agus gach uile dhroch gniomh.

17 Ach ata an gliocas a'ta o neamh air tùs glan, ann diaigh sin siothchail, ciuin *agus* so-chomhairleich, làn do thròcair agus do dheadh thoraibh, gun leithbhreith agus gun cheilg.

18 Agus ata toradh na fìreantachd air a chur ann siothchaint do luchd-deanamh na siothchaint.

CAIB. IV.

1 *'S còir dhuinn cathachadh 'n aghaidh sainnt,* 4 *neo-mheasarrachd,* 5 *uabhair,* 11 *cùl-chàineadh, agus breith ghrad mu dhaoin' eile;* 13 *agus gun bhi roearbsach a soirbheas ann ar gnothuichibh saoghalta: ach sinn a bhi cuimhneach air neo-chinnteachd na beatha so, agus sinn fein agus ar gnothuichean uile earbsadh re freasdal De.*

CIA as ata cogaidh agus comhraig *a' teachd* 'n ar measg? nach ann as a so, *eadhon* o bhur n ain-

* *Sarragan.*

n ain-mhiannaibh, a 'ta cogadh ann bhur ballaibh?

2 'Ta fibh a' miannachadh, agus ni 'm bheil agaibh: 'ta fibh a' marbhadh, agus a' dian-fhann-tachadh, agus ni 'n comas duibh ni fhaghail: ata fibh a' cathachadh agus a' cogadh, gidheadh ni 'm bheil agaibh, do bhri' nach 'eil fibh ag iarraidh.

3 'Ta fibh ag iarraidh, agus ni 'm bheil fibh a' * faghail, do bhri' gu bheil fibh ag iarraidh gu h olc, chum's gu'n caith fibh è air bhur n ain-mhiannaibh.

4 Adhaltranaichean, agus a bhan-adhaltranaichean, nach 'eil fhios agaibh gur naimhdeas ann aghaidh Dhe càirdeas an tfaoghail? ge b'è air bith neach uime fin leis an àill bhi 'na charaid do'n t faoghal, ata sè 'na nàmhad do Dhia.

5 Am bheil fibh a' fmuainteachadh gu bheil an fgriobtuir gu diomhaoin ag radh, 'Ta 'n fpiorad a 'ta chomh-nuidh annainn a' † miannachadh chum farmaid'?

6 Ach bheir è gràs a's mò uaithe: uime fin a deir è, 'Ta Dia a' cur ann aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt gràis dhoibhfin a 'ta irioſal.

7 Uime fin ùmhlaichibh fibh fein do Dhia; cuiribh ann aghaidh an diabhoil, agus teichidh sè uaibh:

8 Dlùthaichibh re Dia, agus dlùthaichidh sè ribh: glanaibh *bhur* làmhan, a pheacacha, agus glanaibh *bhur* croidhe, fibhfe, aig am bheil an inntin dhùbailt'.

9 Bithibh ann an ‡ amhghar, agus deanaibh caoi', agus gul: biodh bhur gàire air a thionndadh gu bròn, agus *bhur* n aoibhneas gu tuirfe.

10 Irioflaichibh fibh fein am fia'nais an Tighearna, agus àrdaichidh è fibh.

11 Na labhraibh olc mu chéile, a bhràithre. An ti a'ta labhairt uilc m'a bhràthair, agus a' tabhairt breith air *a* bhràthair, tha è labhairt uilc mu 'n lagh, agus a' toirt breith air an lagh: ach ma 'ta thu toirt breith air an lagh, cha 'n fhear coi'-lionadh an lagha thu, ach breitheamh.

12 'Ta aon § fhear-tabhairt-lagha ann, a's urradh ‖ faoradh agus fgrios: co thus' a 'ta toirt breith air neach eile?

13 ** Im'ichibh 'noife, fibhfe a deir, Theid finn an diugh no màireach gus a' leithid fo do bhaile, agus fanuidh finn ann fin rè bliadh-na, agus ni finn marfandachd, agus gheibh finn buannachd:

14 'Nuair nach 'eil fhios agaibh ciod a *tharlas* air a' mhàireach: oir creud i bhur beatha? is deatach i a chithear rè ùine bhig, agus ann diaigh fin a theid as an t feal-ladh.

15 Ann riochd *gu 'm bu chòir* dhuibh a radh, Ma's toil leis an Tighearna, bithidh finn beo, agus ni finn fo, no sùd.

16 Ach a noife 'ta fibh a' dea-namh uaill as bhur ràiteachas fein: is olc gach uile fhamhuil fin do uaill.

17 Uime fin dha-fan d'an aithne maith a dheanamh. agus nach dean è, is peacadh fin dha-fan.

CAIB. V.

1 *Tha àdhbhar aig daoinibh aingidh faibhir eagal a bhi orra roimh dhioghaltas De.* 7 *Bu chòir dhuinn bhi foighidneach a reir eifempleir nam fàidhean, agus Iob;* 12 *mionnan a fheachnadh;* 13 *urnuigh a ghnàthachadh ann an an-fhocair, agus faitm a fheinn ann an fo-cair;* 16 *ar lochda aidmheachadh d'a chéile, agus guidheadh air fon a chéile;* 19 *am bràthair feachranach a theirt air ais chum na firinn.*

IM'I-

* factain. † togairt gu tnù. ‡ triobloid, § lagh-thabhartoir, ‖ sàbhaladh, ** Sùd chuige,

IM'ICHIBH 'noiſe, a dhaoine ſaibhre, deanaibh gul agus caoidh air ſon bhur * n amhghara a thig oirbh.

2 'Ta bhur ſaibhreas air truailleadh, agus bhur n eadacha air an itheadh leis † a' mhial-chrìn.

3 'Ta bhur n òr agus bhur n airgiod air meirgeadh; agus bithidh am meirg-ſin 'na fia'nais 'n ar n aghaidh, agus ithidh ſi bhur feoil mar theine: ‡ thaiſg ſibh ionmhas fa chomhair nan làith' deireannach.

4 Fèuch, ata tuaraſdal § an luchd-oibre, a bhuain ſios bhur n achaidh, ni a chumadh air ais ſibhſe le feill, ag éigheach: agus ata glaodhaich na muintir a bhuain, air dol a ſtigh chum cluaſa Thighearna nan ſluagh.

5 Chaith ſibh bhur beatha ann an ſubhachas air thalamh, agus bha ſibh mear; dh' altrum ſibh bhur croidheacha, mar ann là ‖ an àir.

6 Dhìt *agus* mharbh ſibh am ** fìrean, *agus* ni 'm bheil è cur 'n ar n aghaidh.

7 Uime ſin, a bhràithre, bithibh foighidneach gu teachd an Tighearna. Fèuch, ſeithidh †† an treabhaiche re toradh prìſeil an talmhain, agus 'ta fad-f hoighidin aige ris, gus am fuigh è ‡‡ an fheurthuinn thoiſeach agus dheireannach.

8 Bithibhſe foighidneach mar an ceudna; ſocraichibh bhur croidheacha: oir tha teachd an Tighearna 'm fogus.

9 Na deanaibh gearan ann aghaidh a chéile, a bhràithre, chum nach dìtear ſibh: fèuch, ata am breitheamh 'na ſheaſamh aig an dorus.

10 Gabhaibh, mo bhràithre, na ſàidhean, a labhair *ribh* ann ainm an Tighearna, 'nan eiſempleir air an-ſhocair fhulang, agus air foighidin.

11 Fèuch, meaſar ſona leinn iadſan a dh' fhuilingeas. Chuala ſibh iomradh air foighidin Iob, agus chunnaic ſibh crioch an Tighearna; gu bheil an Tighearna §§ ro-thiom-chroidheach agus tròcaireach.

12 Ach roimh na h uile nithe, mo bhràithre, na deanaibh mionnan, no air neamh, no air an talamh, no air aon mhionnan eile: ach gu'm bu h è bhur *comhradh* ſeadh, ſeadh, agus ni h eadh, ni h eadh; 'n t eagal gu'n tuit ſibh ann an damnachadh.

13 Am bheil neach ſam bith fuidh thriobloid ann bhur meaſg? deanadh è ùrnuigh. Am bheil neach ſam bith ſubhach? canadh è ſailm.

14 Am bheil neach ſam bith tinn 'nar meaſg? cuireadh è fios air ſeanoiribh na h eaglais; agus deanadh iad ùrnuigh os a cheann, 'g a ùngadh le h ola ann ainm an Tighearna:

15 Agus ſlànuichidh ùrnuigh a' chreidimh an t ea-ſlan, agus togaidh an Tighearna ſuas è; agus ma rinn è peacaidh, maithear dha iad.

16 Aidmhichibh *bhur* lochda d'a chéile, agus deanaibh ùrnuigh air ſon a chéile, chum's gu 'n ſlànuichear ſibh: 'ta mòr ‖‖ eifeachd ann an ùrnuigh dhùrachdaich an f hìrein.

17 Bu duine Elias aig an raibh *** ionann-aigne ruinne, agus ghuidh sè gu dùrachdach gun uiſge bhi ann: agus cha d' thainig uiſg' air an talamh rè thri bliadhna agus ſhea mìota.

18 Agus rinn sè ùrnuigh a-rìs, agus thug neamh uiſge uaithe, agus thug

* truaighe. † an reudan. ‡ chàrn ſibh ſuas. § nam b ianuichean. ‖ a' mharbhaidh.
** an t ionracan. †† an tuathanach. ‡‡ an ceud uiſge agus an t uiſge deireannach.
§§ ro-iochdmhor. ‖‖ bhuaidh. *** comh aigne.

thug an talamh amach a thioradh.

19 A bhràithre, ma theid aon neach agaibhſe air ſeacharan o'n fhìrinn, agus gu'n iompoich neach è;

20 Biodh fhios aige, an duine a dh' iompoicheas peacach o ſheacharan a ſhlighe, gu'n * ſaor è anam o bhàs, agus gu 'm folaich è mòran pheacanna.

Ceud Litir choitchionn an Abstoil PHEADAIR.

CAIB. I.

1 *Tha è a' beannachadh Dhe air ſon a ghràſa iomarcach ſpioradail,* 10 *a' nochdadh nach nuaidheachd àr ſlàinte tre Chriosd, ach ni mu 'n raibh fàidheadoireachd o ſhean:* 13 *agus d'a reir ſin tha è a' cur impidh orra am' beatha a chaitheamh gu diadhaidh, do bhri' gu bheil iad a noiſe air an nuadh-bhreith le focal De.*

Peadar, abſtol Iosa Criosd, chum nan coigreach a 'ta air an ſgapadh tre Phontus, Ghalatia, Chappadocia, Asia, agus Bhitinia,

2 A thaghadh a reir † roimh-eòlais Dhe an Athar, tre naomhachadh an Spioraid chum ùmhlachd, agus crathadh fola Iosa Criosd: Gràs agus ſiothchaint gu raibh air am mèudachadh dhuibhſe.

3 Gu ma beannuichte gu 'n raibh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, neach a reir a mhòr-thròcair, a dh' ath-ghin ſinne gu beò-dhòchas, tre ais-eirigh Iosa Criosd o na marbhaibh,

4 Chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-ſhalach, agus nach fearg as, a 'ta air a coimhead ſna neamhaibh dhuibhſe,

5 A 'ta air bhur coimhead le cumhachd Dhe tre chreidimh chum ſlàinte, a 'ta ullamh ‡ r'a foillſeachadh ſan aimſir dheireannaich.

6 Ni ann s am bheil ſibh a' deanamh mòr ghàirdeachais, ge do tha ſibh a noiſe rè ùine bhig (ma 's feumail è) fuidh thuirſe tre iomadh buaireadh.

7 Chum's gu'm fuighear dearbhadh bhur creidimh, ni 's prìſeile gu mòr na òr a theid § am mugha, ge do dhearbhar le tein' è, chum cliù, agus onoir, agus glòir aig foillſeachadh Iosa Criosd:

8 D'am bheil ſibh toirt gràidh, ge nach faca ſibh è; agus air bhi dhuibh creidſinn ann ge nach 'eil ſibh a noiſe 'g a fhaicſinn, ata ſibh a' deanamh mòr-ghairdeachais le h aoibhneas ‖ air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir:

9 A' faghail crìch bhur creidimh, *cadhon* ſlainte *bhur* n anama.

10 Slàinte mu 'n d' fhioſraich na fàidhean, agus mu'n d' rinn iad geur-rannſachadh, muintir a rinn fàidheadoireachd mu 'n ghràs *a bha gu teachd* d' ar n ionnſuidhſe:

11 A' rannſachadh creud *i*, no ciod a' ghnè aimſir' a bha Spiorad Chriosd annta-ſan, a' ** foillſeachadh, 'n uair a rinn è fia'nais roimh laimh air fulangaſaibh Chriosd, agus a' ghlòir a bha gu'n leantuin.

12 Muintir d'an d'fhoillſicheadh, nach b'ann doibh fein, ach dhuinne

a

* sàbhail. † rùin. ‡ chum bhi air a foillſeachadh. § a neo-ni. ‖ do labhairt. ** ciallachadh.

a fhritheail iad na nithe a 'ta 'noiſe air an cur ann céill duibhſe leo-ſan a ſhearmonaich an ſoiſgeul duibh, leis an Spiorad naomh a chuireadh a nuas o neamh ; nithe air am miann leis na h ainglibh beachdachadh.

13 Uime ſin crioſraichibh leaſraidh bhur n inntin, bithibh meaſarra, agus biodh * dòchas diongmhalta agaibh as a' ghràs a bheir'ear dhuibh aig foillſeachadh Ioſa Crioſd ;

14 Mar chloinn ûmhal, gun bhi 'g ar co'-chumadh fein ris na h ain-mhiannaibh a bha agaibh roimhe ann àm bhur n ain-eolais :

15 Ach a reir mar ata eiſean a ghairm ſibh naomha, bithibhſe naomha mar an ceudna ann ſan uile chaithe'-beatha ;

16 Do bhri' gu bheil è ſgriobhta, Bithibhſe naomha, oir ataimſe naomha.

17 Agus ma ghoireas ſibh air an Athair, a bheir breith a reir oibridh gach neach gun † chlaon-bhàigh re neach ſeach a chéile, caithibh aimſir bhur cuairt ann ſo le h eagal :

18 Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do ſhaoradh ſibh le nithibh truaillidh, *mar ata* airgiod agus òr, o bhur caithe'-beatha diomhain ‡ *a thugadh dhuibh* o bhur ſinnſireachd ;

19 Ach le fuil phrìſeil Chrioſd, mar Uain gun lochd, gun ſmal :

20 Neach gu deimhin a roimhòrduicheadh roimh chruthachadh an t ſaoghail, ach a dh' fhoillſicheadh ann ſna h aimſiribh deireannach air bhur ſon-ſa ;

21 Muintir trìd-ſin a'ta creidſinn ann an Dia a thog eiſean o na marbhaibh, agus a thug glòir dha, chum gu'm biodh bhur creidimhſe agus bhur muinghin ann an Dia.

22 Do bhri' gur ghlan ſibh bhur n anama le ùmhlachd a thoirt do 'n fhìrinn tre 'n Spiorad, chum gràidh neo-chealgaich do na bràithribh ; *feuchaibh gu'n* toir ſibh gràdh d'a chéile a croidhe glan gu dùrachdach :

23 Air dhuibh bhi air bhur n ath-ghineamhuin, ni o ſhiol truaillidh, ach neo-thruaillidh, le focal an De bheo agus a mhaireas gu ſiorruidh.

24 Oir *ata* gach uile fheoil mar fheur, agus uile ghlòir dhaonna, mar bhlàth an fheoir. Seargaidh am feur, agus tuitidh a bhlàth dheth :

25 Ach fanaidh focal an Tighearna gu ſiorruidh. Agus is è ſo am focal a ſhearmonaicheadh dhuibhſe ann ſan t ſoiſgeul.

CAIB. II.

1 *Tha è 'g an comhairleachadh ann aghaidh mi-ſheircealachd ;* 4 *a' nochdadh gur h è Crioſd am bunadh air am bheil iad air an to'gail :* 11 *a' guidheadh orra fantuinn o ain-mhiannaibh feòlmhor,* 13 *bhi ùmhal do uachdranaibh ;* 18 *cionnas is còir do ſheirbhiſich bhi ùmhal d'am maighisdiribh,* 20 *iad a dh' fhuleng gu foighidneach air ſon maith a dheanamh a reir eiſempleir Chrioſd.*

UIME ſin ag cur uaibh gach uile mhi-ruin, agus gach uile mhealltoireachd, agus nan uile chealg, agus fharmada, agus gach uil' ana-cainnt,

2 Mar naoidheana air an ùrbhreith, iarraibh bainne fior-ghlan an fhocail, chum as gu fàs ſibh leis :

3 Ma 's è 's gu'n do bhlais ſibh gu *bheil* an Tighearna gràſmhor.

4 Chum am bheil ſibh a' teachd, *mar gu* cloich bheo, a dhi ùltadh gu deimhin le daoinibh, ach air a taghadh

* ſùil gus a' chrich agaibh ris a'ghràs. † fheuchain air pearſa ſeach a chéile. ‡ air an do ſean ſibh reir lorg bhur ſinnſireachd.

ghadh o Dhia; *agus* prìseil:

5 'Ta fibhse mar an ceudna mar chlochaibh beotha, air bhur tog'ail suas 'n ar tigh spioradail, 'n ar sagartachd naomha chum iobairte spioradail ofrail, taitneach do Dhia trìd Iosa Criosd.

6 Uime sin ata so mar an ceudna air a chur sios ann san sgriobtuir, Feuch, cuiream ann Sion priomh chloch-oisinn, taghta *agus* prìseil: agus an ti a chreideas ann cha chuir'ear gu nàir' *è*.

7 Dhuibhse uime sin a chreideas *ata sè* prìseil: ach dhoibhsin a 'ta eas-ùmhal, a' chloch a dhiùlt na clochairean, rinneadh ceann na h oisinn dith,

8 Agus cloch-thuislidh, agus carruig oilbheim, *dhoibhsin* a thuisleas air an fhocal, air dhoibh bhi eas-ùmhal, chum an d'òrduicheadh fòs iad.

9 Ach *is* ginealach taghta sibhse, sagartachd rioghail, cinneach naomha, pobull * sonraichte; chum gu'n cuireadh sibh 'n céill † clìù an ti a ghairm á dorchadas sibh chum a sholuis iongantaich fein:

10 Nach raibh ‡ uair-eigin 'n ar pobull, ach a noise *is* sibh pobull De: dream nach d' fhuair tròcair, ach a noise a'ta air saghail tròcair.

11 A mhuintir mo gràidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ain-mhianna feòlmhor, á 'ta cogadh ann aghaidh an anama;

12 Air dhuibh deadh chaithe'-beatha bhi agaibh am measg nan Cinneach; chum ann àit' olc a labhairt umaibh mar luchd mighniomh, gu'n deàn iad o bhur deadh oibribh a chi siad, Dia a ghlòrachadh ann là an fhiosrachaidh.

13 Uime sin bithibhse ùmhal do gach uil' òrdugh dhaoine air son an Tighearna: ma 'sann do 'n righ, mar an ti a 's àird' inbhe;

14 No do uachdranaibh, mar do'n mhuintir a chuireadh uaithe chum dioghaltais air luchd dheanamh an uilc, agus chum cliu dhoibhsin a ni maith.

15 Oir is i toil De gu'n cuireadh sibhse le deadh dheanadas tosd air ain-eolas dhaoine amaideach:

16 Mar dhaoine saor, agus gun *bhur* saorsa a ghnàthachadh mar bhrat-folaich do mhi-run, ach mar sheirbhisich Dhe.

17 Thugaibh onoir do na h uile dhaoine. Gràdhaichibh na bràithre. Biodh eagal De oirbh. Thugaibh onoir do 'n righ.

18 A shearbhanta, *bithibh* ùmhal d' *ar* maighistiribh maille ris an uile eagal, ni h è 'mhàin dhoibhsin a 'ta maith agus ciuin, ach mar an ceudna dhoibhsin a 'ta § crosda.

19 Oir *ata* so cliu-thoillteannach, ma dh' iomchaireas neach sam bith doilgheas air son coguis a thaobh Dhe, a' fulang gu h eacorach.

20 Oir ciod an t àdhbhar molaidh *ata ann*, ma 's è an uair a ghabhar oirbh air son bhur ciontaidh, gu'n giùlain sibh gu foighidneach è? ach ma 's è air dhuibh maith a dheanamh, agus fulang *air a shon*, gu'n giùlain sibh è gu foighidneach; *ata* so taitneach do Dhia.

21 Oir is ann chuige so a ghairmeadh sibh: do bhri' gu'n d' fhuiling Criosd mar an ceudna air ar son-ne, a' fàg'ail eisempleir agaibh chum gu leanadh sibh a cheumanna:

22 Neach nach d' rinn peacadh, ni mò a fhuaradh cealg 'n a bheul:

23 Neach 'n uair a chàineadh è, nach do chàin a rìs; 'n uair a dh' fhuiling è, cha do bhagair è; ach dh' earb sè *è fein* ris-sin a bheir breith cheart:

24 Neach a ghiùlain ar peacaidh

* dìleas, àraid, † iomlaine, buaidhean. ‡ roimhe, § ain-mèineach.

è fein ann a chorp fein air a' chrann, chum air dhuinn bhi marbh do 'n pheacadh, gu 'm bitheamaid beo do fhìreantachd : neach a bha fibh air bhur flànuchadh le a bhuillibh.

25 Oir bha fibh mar chaoraich a' dol air feacharan ; ach philleadh fibh 'noife chum Buachaill' agus Easbuig bhur n anama.

CAIB. III.

1 *Tha è teagaſg dleaſdanais bhan agus fheara-pòſda d'a chéile,*
8 *ag earalachadh nan uile dhaoine chum aonachd agus gràidh,*
14 *agus geur-leanmhuin fhulang :*
19 *Tha è mar an ceudna a' cur ann cèill ſochaire Chrioſd do 'n t ſean ſaoghal.*

MAR an ceudna, a mhnài, bithibhſe ùmhal d'ar fearaibh-pòſda fein, chum ma 'ta droing air bith eas-ùmhal do 'n fhocal, gu'm bi iadſan mar an ceudna air an cofnadh le deadh chaithe'-beatha nam ban,as eugmhais an fhocail.

2 'N uair a bheachdaicheas iad air bhur caithe'-beatha gheamnaidh maille re h eagal.

3 Na bu h è bhur breaghachd, figheadh an fhuilt agus ag cur òir oirbh, agus dheadh thruſgain umaibh, *a' bhreaghachd ſin* o 'n leith 'muigh :

4 Ach duine folaicht' a' chroidhe, ann neo-thruaill'eachd ſpioraid mhacant' agus chinin, ni a 'ta roluachmhor ann fealladh Dhe.

5 Oir is ann mar ſo a rinn na mnài naomha o ſhean aig an raibh am muinghin ann Dia, iad fein breagha, air dhoibh bhi ùmhal d' am fearaibh fein ;

6 Amhuil a thug Sara ùmhlachd do Abraham, a' gairm tighearna dheth : d'an ingheana fibhſe 'm feadh 's a ni fibh gu maith, agus gun gheilt oirbh le h ua'bhas ſam bith.

7 Mar an ceudna, fheara-pòſda, gabhaibhſe comhnuidh maille riu a reir eòlais, a' tabhairt onoir do 'n mhnaoi mar an ſoitheach a 's an-mhuinne, agus mar mhuintir a 'ta 'n an co'-oighreachaibh air gràs na beatha ; chum nach cuir'ear bacadh air bhur n ùrnuighibh.

8 Fa dheoidh, *bithibh* uile a dh'aon inntin, * biodh co'-fhulangas agaibh r'a chéile, gràdhaichibh *a chéile* mar bhràithre, *bithibh* truacanta, càirdeil :

9 Na îocaibh olc air ſon uilc, no càineadh air ſon càineadh : ach 'n a aghaidh ſin, a' beannachadh ; air dhuibh fios bhi agaibh gur ann chuige ſo a ghairmeadh fibh, chum gu'm fealbhaicheadh fibh beannachadh mar oighreachd :

10 Oir ge b'è le 'm b' àill beatha a ghràdhachadh, agus làith' maithe fhaicſinn, cumadh è theanga o olc, agus a bhilidh o labhairt ceilg.

11 Seachnadh è olc, agus deanadh è maith ; iarradh è ſiothchaint, agus leanadh è i.

12 Oir ata ſùilean an Tighearna air na fìreanaibh, agus a chluaſa foſgailte r'an ùrnuigh : ach ata gnùis an Tighearna ann aghaidh na muintir a ni olc.

13 Agus co è a ni olc oirbh, ma bhios fibh 'n ar luchd-leanmhuin air an ni ſin a 'ta maith ?

14 Ach fòs ma dh' fhuilingeas fibh air ſgà' fìreantachd, *is* îona fibh : agus na biodh fiamh an eagail-ſin oirbh, agus na bithibh mi-ſhuaimhneach ;

15 Ach naomhaichibh an Tighearna Dia ann bhur croidhibh : agus bithibh ullamh a ghnà' chum freagradh a thoirt maille re ceannfachd agus eagal, do gach uile dhuine a dh' iarras oirbh reuſon an dòchais a 'ta annaibh :

16 Air dhuibh deadh choguis a bhi agaibh ; chum 'n uair ata iad a' labhairt uilc 'n ar n aghaidh, mar

* bithibh îochdmhor r'a chéile.

mar luchd mi-ghniomh, gu 'n gabh iadsan nàire a 'ta toirt toibheim d'ar deadh chaithe'-beatha ann Criosd.

17 Oir *is* fearr, ma's è sin toil De, fibh a dh' fhulang air son maith a dheanamh, na air son uilc a dheanamh.

18 Oir dh' fhuiling Criosd fòs aon uair air son peacaidh, am firean air son nan neo-fhìrean, (chum gu'n d' thugadh è sinne gu Dia) air dha bhi air a chur gu bàs san fheoil, ach air a bheothachadh trìd an Spioraid:

19 Leis an deachaidh è fòs, agus an do shearmonaich è do na spioradaibh ann am prìosun;

20 A bha o shean eas-ùmhal, 'n uair a dh' fheith fad-fhulangas De aon uair ann laithibh Noe, 'm feadh 'sa bha an àirc 'g a h ullu'chadh, ann s an raibh beagan, sin r'a radh, ochd anama, air an sàbhaladh trìd uisge.

21 'Ta 'm baiste, mar shaimpleir a 'ta coi'-fhreagradh dha so (ni h è cur dhinn sal na feòla, ach freagradh deadh choguis thaobh Dhe) 'noise 'g ar tearnadh-ne, trìd aiseirigh Iosa Criosd:

22 Neach air dha dol gu neamh, a 'ta 'n a shuidhe air deas-làimh Dhe, air do ainglibh, agus do uachdranachdaibh, agus do chumhachdaibh bhi air an cur fuidh * cheannsal-san.

CAIB. IV.

1 *Tha è 'g an earalachadh gu sgur do pheacadh o eisempleir Chriosd, agus do bhri' gu bheil a' chrioch dheireannach a' dlù'-theannadh oirn':* 12 *agus a' toirt co'-fhurtachd dhoibh ann aghaidh geur-leanmhuin.*

UIME sin o dh' fhuiling Criosd air ar soin-ne san fheoil, armaichibh sibhse mar an ceudna sibh fein leis an inntin cheudna: oir sguir an ti a dh' fhuiling ann san fheoil, do pheacadh;

2 Chum nach caitheadh è suigheall aimsire ann san fheoil, a reir ain-mhianna dhaoine, ach a reir toil De.

3 Oir is leòir dhuinn a' chuid a chuaidh seachad do aimsir ar beatha gu toil nan Geintileach a dheanamh, 'n uair a † ghluais sinn ann am macnus, ann ain-mhiannaibh, ann ana-bharra fiona, ann an ‡ geòcaireachd, ann am pòiteireachd, agus ann iodhol-àdhradh § ain-dligheach:

4 Ni ann sam bheil iad a' gabhail iongantais, do bhri' nach 'eil sibhse a' ruidh maraon riu ann san neomheasarrachd cheudna gun tomhas, a' labhairt uilc *umaibh:*

5 Muintir a bheir cunntas dhasan a 'ta ullamh gu breith a thoirt air na beothaibh agus air na marbhaibh.

6 Oir is ann chum na crìche so a shearmonaicheadh an soisgeul dhoibhsin a 'ta marbh mar an ceudna, chum gu'n d' thugtadh breith orra a reir dhaoine san fheoil, ach gu'm biodh iad beo a reir Dhe san Spiorad.

7 Ach ata crioch nan uile nithe am fogus: uime sin bithibh measarra, agus deanaibh faire chum ùrnuigh.

8 Agus roimh gach uile nithe biodh agaibh teas-ghràdh d'a chéile: oir cuiridh gràdh folach air mòran pheacanna.

9 Thugaibh aoidheachd d'a chéile gun mhonmhor.

10 Reir mar a fhuair gach aon an tiodhlac', *mar sin* deanaibh minisireileachd d'a chéile, mar dheadh stiùbhardaibh air gràs eagsamhuil De.

11 Ma labhras neach sam bith, *labhradh è* mar òracla Dhe; ma 'ta neach sam bith re ministreileachd, *deanadh è i* mar o 'n chomas a bheir Dia dha: chum gu 'm bi Dia air

* a mharasg'achd, a smachd. † dh'imich, shiubhail. ‡ craos. § ghràinneil.

a ghlòrachadh ann sna h uile nithibh trìd Iosa Criosd ; dha-san gu raibh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.

12 A mhuintir mo ghràidh, na biodh iongantas oirbh thaobh na fèuchainn theinntich, a thig oirbh chum bhur dearbhadh, mar gu'n tarladh ni-eigin neo-ghnathach dhuibh :

13 Ach deanaibh gàirdeachas, do mhèud gu bheil sibh 'n ar luchd co'-pairt do fhulangasaibh Chriosd ; chum fòs ann àm foillseachaidh a ghlòire gu'm bi subhachas oirbh le h aoibhneas ro-mhòr.

14 Ma mhaslaichear sibh air son ainm Chriosd, *is* sona *sibh;* oir ata Spiorad na glòire, agus Dhe a' gabhail comhnuidh oirbh : d'an taobh-sa gu deimhin ata sè faghail toibheim, ach d'ar taobh-sa 'ta sè air a' ghlòrachadh.

15 Ach na fuilingeadh a h aon agaibh mar mhort-fhear, no *mar* mheirleach, no *mar* dhuine * droch-mhuint', no *mar* neach a ghabhas gnothuch re cùisibh nach buin da.

16 Gidheadh *ma dh' fhuilingeas duine* mar Chriosduidh, na biodh nair' air ; ach thugadh è glòir do Dhia as a leith so.

17 Oir *thainig* an t àm ann san tòsaich breitheanas aig tigh Dhe: agus ma *thòsaicheas* è air tùs againne, ciod is crioch dhoibhsin a 'ta easùmhal do fhoisgeul De?

18 Agus ma's ann air eigin a thearnar am fìrean, c'àit' an taisbein an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach è fein ?

19 Uime sin, an dream a dh' fhuilingeas a reir toil De, earbadh iad an anama *ris-sin* ann an deanamh maith, mar re Cruith-fhear dìleas.

CAIB. V.

1 *Tha è cur impidh air na seanoiribh treud Dhe a bheathachadh ;*

5 *air an òigridh bhi ùmhal,* 8 *agus orra uile bhi measarra, faireil, agus daingean sa chreidimh ;* 9 *cur ann aghaidh ar nàmhaid ain-iochdmhor an diabhol.*

NA seanoiridh a 'ta 'n ar measg earalaicheam, air bhi dhamh fein a'm' sheanoir fòs, agus a'm' fhia'nais air fulangasaibh Chriosd, agus mar an ceudna a'm' fhear co'-pairt do'n ghlòir sin a 'ta gu bhi air a foillseachadh :

2 Beathaichibh treud Dhe a 'ta 'n ar measg, a' gabhail cùram *dheth,* ni h ann a dh' ain-deoin, ach gu làn-toileach ; ni h ann air son buannachd shalaich, ach le h inntin ealamh ;

3 Ni mò mar thighearnaibh os ceann oighreachd *Dhe,* ach mar chroing a 'ta 'n an eisempleiribh do'n treud.

4 Agus 'n uair a dh' fhoillsichear an t àrd-bhuachaille, gheibh sibh crùn na glòire nach searg as.

5 Mar an ceudna, dhaoin' òga, bithibh ùmhal do na seanoiribh : seadh, bithibh uile ùmhal d'a chéile, agus bithibh air bhur sgeadachadh le h irioslachd : oir ata Dia a' cur ann aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt gràis dhoibhsin a 'ta iriosal.

6 Uime sin isichibh sibh fein fuidh làimh chumhachdaich Dhe, chum as gu'n àrduich è sibh ann àm iomchu'idh :

7 A' tilgeadh bhur n uile chùram air, oir ata cùram aige dhibh.

8 Bithibh measarra, deanaibh faire ; do bhri' gu bheil bhur nàmhad an diabhol, mar leomhan beuchdach, ag im'eachd mu 'n cuairt a' sireadh co'a dh' fheudas è shlugadh suas.

9 Cuiribhse 'n a aghaidh, air dhuibh bhi daingean sa chreidimh, agus fhios a bhi agaibh gu bheil na fulangais cheudna air an coi'lionadh

* mi-ghniomh, droch-bheirt.

lionadh ann bhur bràithribh a 'ta san t saoghal.

10 Ach gu deanadh Dia fein nan uile ghràs, a ghairm sinne chum a ghlòire shiorruidh trìd Iosa Criosd, taireis duibh fulang rè uine bhig, sibhse foirfe, gu daingnicheadh, gu neartaicheadh, gu socraicheadh è sibh.

11 Dha-san gu raibh glòir agus cumhachd, gu saoghal nan saoghal. Amen.

12 Le Siluanus bràthair dìleas (reir mo bhar'ail-se) sgriobh mi dhuibh gu h aith-ghearr', a' teagasg, agus a' deanamh fia'nais, gur è so sior ghràs De ann am bheil sibh 'n ar seasamh.

13 Ta *'n eaglais* ann am Babilon a thaghadh maraon ribhse, ag cur failt' oirbh, agus Marcus mo mhac.

14 Cuiribh failt' air a chéile le pòig ghràidh. Siothchaint *gu raibh* maille ribh uil' a'ta ann Iosa Criosd. Amen.

Dara Litir choitchionn an Abstoil PHEADAIR.

CAIB. I.

1 *Chum an daingneachadh ann dòchas mèudachadh gràis De,* 5 *tha è cur impidh orra le creidimh agus deadh oibribh, an gairm a dheanamh cinnteach:* 12 *tha è cùramach mu so chur ann cuimhne dhoibh, do bhri' gu bheil fios aige a bhàs bhi 'm fogus:* 16 *agus tha è toirt rabhaidh dhoibh bhi bunaiteach ann creidimh Chriosd, neach a dhearbhadh gur è Mac Dhe è gu fìrinneach, le fia'nais nan abstol a chunnairc a mhòralachd, agus le fia'nais an Athar, agus nam fàidhean.*

SIMEON Peadar, seirbhiseach agus abstol Iosa Criosd, dhoibhsin a fhuair creidimh co'-luachmhor ruinne, trìd fìreantachd Dhe, agus ar Slànui'-fhir Iosa Criosd:

2 Gu raibh gràs agus siothchaint air am mèudachadh dhuibhse, trìd eòlais De, agus Iosa ar Tighearna,

3 Reir mar a dheònuich a chumhachd diadhuidh-sin dhuinne na nithe sin uile *a bhuineas* do bheatha agus do dhiadhachd, trìd eòlais an ti sin a ghairm sinn * chum glòir', agus deadh-bheus:

4 Trìd an d' thugadh dhuinne geallanna ro-mhòr agus prìseil, chum trìd-sin gu'm biodh sibhse air bhur deanamh 'n ar luchd co'-pairt do nàdur na diadhachd, air dhuibh dol as o'n truaill'eachd a 'ta ann san t saoghal trìd ain-mhiann.

5 Agus thuilleadh air so, air deanamh an uile dhìchill duibh, cuiribh r'ar creidimh † deadh-bheus; agus re deadh-bheus, eòlas;

6 Agus re h eòlas, measarrachd; agus re measarrachd, foighidin; agus re foighidin, diadhachd;

7 Agus re diadhachd, gràdh bràthaireil; agus re gràdh bràthaireil, seirc.

8 Oir ma bhios na nithe so annaibh, agus pailte, bheir iad *oirbh* gun bhi leasg, no mi-thorrach ann eòlas ar Tighearna Iosa Criosd.

9 Ach an ti aig nach 'eil na nithe sin, ata sè dall, agus ‡ gearrsheallach, a' di-chuimhneachadh gur

* Leis a chumhachd ghlòrmhoir. † treubhantas, cruadal. ‡ sa dhoill'-èan.

gur ghlanadh é o a ſhean pheacaibh.

10 Uime ſin, a bhràithre, deanaibhſe 'n tuilleadh dìchill chum bhur gairm agus bhur taghadh a dheanamh cinnteach: oir ma ni ſibh na nithe ſo, cha tuit ſibh a choidhch' :

11 Oir mar ſin frithealar gu pailt' dhuibh ſlighe, a ſteach do rioghachd ſhiorruidh ar Tighearna agus ar Slànui'-fhir Ioſa Crioſd.

12 Uime ſin cha dearmad mi na nithe ſo ghnà'-chur ann cuimhne dhuibh, ge d' is aithne dhuibh iad, agus ge do tha ſibh air bhur daingneachadh ſan fhìrinn a làthair.

13 Ach meaſam gur còir, am feadh 's ata mi ſa * phàilliun ſo, ſibhſe a bhroſnachadh le 'r cur ann cuimhne:

14 Air dhamh fios a bhi agam gur fogus dhamh àm cur dhiom mo phàilliun ſo, amhuil a dh' fhoillſich ar Tighearna Ioſa Crioſd dhamh.

15 Tuilleadh fòs, ni mi dìchioll, chum taireis damh ſiubhal, gu'm bi agaibhſe gnà'-chuimhne air na nithibh ſo.

16 Oir cha do lean ſinne faoinſgeulachda a dhealbhadh gu h innleachdach, 'n uair a chuir ſinn ann céill duibh cumhachd agus teachd ar Tighearna Ioſa Crioſd, ach rinneadh ſinn 'n ar ſùil-fhia'naiſibh air a mhòrachd-ſan.

17 Oir fhuair è o Dhia an t Athair onoir agus glòir, 'n uair a thainig a ſhamhuil ſo do ghuth o'n ghlòir † òirdheirc, Is è ſo mo Mhac gràdhach-ſa, le 'm bheil mi làntoilichte.

18 Agus chuala ſinne an guth ſo a thainig o neamh, 'n uair a bha ſinn màille ris air an t ſliabh naomha.

19 'Ta againn mar an ceudna focal fàidheadoireachd a 's cinntiche; d' am maith a ni ſibhſe aire a thoirt, mar do lòchrann a 'ta toirt ſoluis uaithe ann ionad doilleir, gus an ſoillſich an là, agus an eirich an reult-mhaidne 'n ar croidheachaibh:

20 Air dhuibh fhios ſo a bhi agaibh air tùs, nach 'eil fàidheadoireachd air bith do'n ſgriobtuir o thogradh *dhaoine* fein.

21 Oir cha d' thainig an fhàidheadoireachd reir toil duine o ſhean: ach labhair daoine naomha Dhe *mar a* ſheòladh *iad* leis an Spiorad naomha.

CAIB. II.

1 *Tha è roimh-innſeadh mu thimchioll luchd-teagaiſg fhallſa, a' nochdadh am mi-dhiadhuigheachd, agus an ſgrios a thig faraon orra fein agus air an luchd-leanmhuin; 7 o'n ſaorar daoine diadhaidh, mar a ſhaoradh Lot a Sodom;* 10 *agus tha è ni 's pailt' ag cur ann céill giùlan nam mealltoirean mi-dhiadhaidh toibheumach ſin, chum gu 'm b' fheaird' a dh' fheudtadh an aithneachadh agus an ſeachnadh.*

ACH bha fàidhean bréige mar an ceudna 'meaſg a' phobuill, amhuil a bhios luchd-teagaiſg bréige 'n ar meaſg-ſa, dromg a bheir a ſteach os ìoſal ‡ eiriceachd mhillteach, eadhon ag àichſheunadh an Tighearna a cheannaich iad, agus a bheir ſgrios obunn orra fein.

2 Agus leanaidh mòran an ſligheacha millteach, trìd am fuigh ſlighe na fìrinn mi-chliu.

3 Agus tre ſhannt ni iad marſandachd oirbh le briathraibh meallach: dream nach 'eil am breitheanas a noiſe o chian a' deanamh moille, agus cha 'n 'eil am milleadh a' § turr-chodal.

4 Oir mar nach do chaomhainn Dia na h aingil a pheacaich, ach air

* bhothan. † àrd-urramaigh. ‡ dò-bhar'ailcan. § clò chodal.

ir dha an tilgeadh sios do ifrionn, hug è thairis *iad* chum bhi air an oimhead ann slabhraidhibh dorhadais, fa chomhair breitheanais;

5 Agus cha do * choigill è an an saoghal, ach shaor è Noe an ochdmha' *pearsa*, searmonaiche ireantachd, air dha an † dìlinn thoirt air saoghal nan daoine mihiadhaidh;

6 Agus a' tionndadh caithreacha hodoim agus Ghomorrha gu luaithteadh, dhìt sè le léir-sgrios *iad*, an deanamh 'n am ball-sampuill o'n droing a chaitheadh am beatha u mi-dhiadhaidh ann diaigh sin;

7 Agus shaor è Lot am fìrean, bha ‡ fa champar le caithe'eatha neo-ghloin nan aingidh:

8 (Oir chràidh an t ionracan in, agus è gabhail comhnuidh n am measg, anam fìreanta o là u là, le bhi faicsinn agus a' cluinnin *an* gniomhartha ain-dligheach)

9 Is aithne do'n Tighearna na laoine diadhaidh a shaoradh o huaireadh, agus na daoin' aingidh choimhead gu là a' bhreitheais chum peanas a dheanamh rra:

10 Ach gu h àraid iadsan a leas an fheoil ann an ain-mhiann na eo-ghloine, agus a ni tàir air achdranachd: Air dhoibh bhi anlàna, fein-thoileil, cha 'n eagal leo ana-cainnt a thoirt dhoibhsin a 'ta nn àrd inbhe:

11 Ge nach toir aingil a 's mò ann n neart agus ann an cumhachd, asaid ‖ thoibheumach 'n an aghaidh am fia'nais an Tighearna.

12 Ach iadsan, mar ainmhilhean nàdurra ea-tuigseach, a inneadh chum bhi air an glacadh gus an sgrios, air dhoibh bhi lashairt gu toibheumach mu na nihibh nach tuig iad, sgriosfar iad n an truaill'eachd fein;

13 Agus gheibh iad tuarasdal na h ea-ceirt, *mar* dhream a mheasas *mar* shubhachas ** sògh san là: *is* smala iad agus sal, a' gabhail toileachas-inntin 'nam mealltoireachd fein, am feadh 's ata iad air féisdibh maille ribh;

14 Aig am bheil an sùilean làn do adhaltrannas, agus da nach 'eil è 'n comas sgur do pheacadh; a' mealladh anama neo-shuidhichte: aig am bheil an croidhe air a chleachdadh re gniomharthaibh sanntach; clann †† mhalluichte:

15 A thréig an t slighe dhìreach, agus a chuaidh air seacharan, a' leantuin slighe Bhalaam *mhic* Bhosoir, a ghràdhaich duais na h eacorach;

16 Ach fhuair è achmhasan air son aingidheachd: oir labhair an asal bhalbh le cainnt duine, agus thoirmeisg si mi-chiall an fhàidh.

17 Is tobair gun uisge iad so, neoil air an iomain le h iomghaoith, fa chomhair am bheil ceò an dorchadais air a thasgaidh gu siorruidh.

18 Oir 'nuair a labhras iad *briathra* ‡‡ atmhor diomhaoineis, meallaidh iad trìd ain-mhianna na feòla, agus mhacnuis, iadsan a chuaidh gu glan as uatha-san a'ta caitheamh am beatha ann am mearachd:

19 A' gealltuin saorsa dhoibh, agus gun annta fein ach tràillean na truaill'eachd: oir ge b'è ni le 'm buadhaichear air duine, do'n ni sin fein ata sè air a chur fuidh dhaorsa.

20 Oir tairis doibh dol as o shalcharaibh an tsaoghail trìd eòlais an Tighearna agus an t Slànui'-fhir Iosa Criosd, ma bhios iad a-rìs air an ribeadh annta, agus air an cur fuidh ghéill; ata an deireadh aca-san ni 's measa na an toiseach.

21 Oir

* chomhainn. † tuil. ‡ air a shàrachadh, § oic a labhairt umpa-sa. ‖ mi aslach, ** deadh-ghleus, deadh theachd-ann-tìr. †† nam mallachd. ‡‡ uaibhreach.

21 Oir b' fhearr dhoibh gun eòlas a bhi aca air ſlighe na fìreantachd, na taireis a h eòlas fhaghail, pilleadh o'n àithne naomh' a thugadh dhoibh.

22 Ach thachair dhoibh reir an t ſean-fhocail fhìrinnich, Phill am madradh air ais chum a ſgeith fein; agus, A'mhuc a chuaidh nigheadh, chum a * h aoineagan sa chlàbar.

CAIB. III.

1 *Tha è toirt cinnte dhoibh mu theachd Chrioſd chum breitheanais, ann aghaidh luchd-fanoid*; 8 *a' toirt rabhaidh do dhaoine midhiadhaidh o fhad-fhoighidin De, iad a ghreaſadh an aithreachais:* 10 *ata è mar an ceudna cur ann céill am modh air an ſgrioſar an ſaoghal ſo:* 11 *'g an earalachadh, o'n dùil a'ta aca re ſin, chum an uile naomhachd beatha;* 15 *agus a-rìs, iad a ſmuainteachadh gu bheil foighidin De a' treòrachadh chum ſlàinte, mar a ſgriobh Pòl d'an ionnſuidh 'n a litrichibh.*

AN dara litir ſo, a mhuintir mo ghràidh, ſgriobham chugaibh 'noiſe; annta *le chéile* 'taim a' broſnachadh bhur n inntin fhiorghloin le 'r cur ann an cuimhne:

2 Chum gu'm bi ſibh cuimhneach air na briathraibh a labhradh roimhe *ribh* leis na fàidhibh naomha, agus air ar n àithne-ne, abſtola an Tighearna agus an t Slànui'-fhir:

3 Air dhuibh fhios ſo bhi agaibh air thùs, gu 'n d' thig ann ſna laithibh deireannach luchd † fochaid, ag im'eachd a reir an ain-mhiann fein,

4 Agus ag radh, C'àit' am bheil gealladh a theachd? oir o choidil na h aithreacha, 'ta na h uile nithe a' fantuinn mar *a bha iad* o thoiſeach a' chruthachaidh.

5 Oir ata iad ain-eolach air ſo d'an deoin, gu'n raibh na neamha ann o chian, agus an talamh 'na ſheaſamh as an uiſge, agus ann ſan uiſge, trìd fhocal De.

6 Tre 'n deachaidh an ſaoghal a bha 'n ſin ann a ſgrios, air teachd do'n dìlinn air.

7 Ach ata na neamha agus an talamh a'ta 'noiſe ann, leis an fhocal ſin fein air an taſgaidh ſuas, *agus* air an gleidheadh fa chomhair teine air chionn là a' bhreitheanais, agus ſgrios dhaoine ain-diadhaidh.

8 Ach, a mhuintir mo ghràidh, na bithibhſe ain-eolach air an aon ni ſo, Gu *bheil* aon là aig an Tighearna mar mhìle bliadhna, agus mìle bliadhna mar aon là.

9 Ni 'm bheil an Tighearna mall thaobh a gheallaidh, (mar a mheaſas dream àraidh moille) ach ata sè fad-fhulangach d'ar taobhne, gun toil aige dream ſam bith ‡ dhol am mugha, ach na h uile *dhaoine* theachd gu h aithreachas.

10 Ach thig là an Tighearna mar ghaduiche ſan oidhche; ann s an d' theid na neamha thairis le toirm mhòir, agus *ann s* an leagh na dùilidh le dian theas; agus bithidh an talamh mar an ceudna agus na h oibridh a 'ta ann, air an loſgadh ſuas.

11 Uime ſin do bhri' gu 'm bi na nithe ſo uile air an ſgaoileadh as a chéile, ciod a' ghnè dhaoine bu chòir a bhi annaibh, ſan *uile* chaithe'-beatha naomha, agus dhiadhachd,

12 Le sùil a bhi agaibh re, agus deithfir a dheanamh chum teachd là Dhe, ann s am bi na neamha, air dhoibh bhi re theine, air an ſgaoileadh o chéile, agus ann an leaghar na dùilidh le dian theas?

13 Gidheadh 'ta dùil againne re neamhaibh nuadh agus talamh nuadh, do reir a gheallaidh, ann s an comhnuich fìreantachd.

14 Uime ſin, a mhuintir ionmhuinn,

* h eabradh ſan làthaich. † fanoid. ‡ bhi air an call.

mhuinn, o tha dùil agaibh ris na nithibh sin, deanaibh bhur dìchioll chum gu fuighear leis-sin ann siothchaint sibh, gun smal agus neo-lochdach:

15 Agus measaibh gur slàinte fad-fhulangas ar Tighearna; amhuil a sgriobh fòs ar bràthair gràdhach Pòl, a reir a' ghliocais a thugadh dha, d'ar ionnsuidh;

16 Amhuil fòs ann *a* litrichibh uile, a' labhairt annta mu na nithibh so: ann s am bheil cuid do nithibh do-thuigsinn, a'ta an droing a'ta neo-fhòghluimte agus neo-sheasmhach a' fiaradh, amhuil mar na sgriobtuire eile fòs, chum an sgrios fein.

17 Ach sibhse, a chàirde gràdhach, o's aithne dhuibh *na nithe so* roimh-laimh, thugaibh aire 'n t eagal air dhuibhse fòs bhi air bhur tarruing air falbh le mearachd nan daoine ain-diadhaidh, gu'n tuit sibh o bhur seasmhachd fein.

18 Ach fàsaibh ann an gràs, agus *ann an* eòlas ar Tighearna agus ar Slanui'-fhir Iosa Criosd: Dha-san *gu raibh* glòir a nois' agus gu siorruidh. Amen.

Ceud Litir choitchionn an Abstoil EOIN.

CAIB. I.

2 *'Ta è labhairt mu phearsa Chriosd, ann sam bheil againn beatha mhairtheanach, thaobh co'-chomuinn maille re Dia; 5 ris an eigin duinn naomhachd beatha a chur, a dhearbhadh fìrinn a cho' chomuinn sin agus ar naidmheil chreidimh mar an ceudna, chum gu fuigheamaid cinnte gu bheil ar peacaidh maithte dhuinn, tre bhàs Chriosd.*

AN ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinne, a chunnairc sinn le 'r sùilibh, air an d' amhairc sinn, agus a laimhsich ar làmha thaobh briathra na beatha;

2 (Oir dh' fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnairc sinne *i*, agus ata sinn a' deanamh fia'nais, agus ag cur ann céill dhuibhse na beatha mairtheanaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh' fhoillsicheadh dhuinne)

3 An ni a chunnairc agus'a chuala sinn, cuireamaid ann céill duibhse, chum's gu'm bi agaibhse mar an ceudna co'-chomunn ruinne: agus gu fìrinneach 'ta ar co'-chomunnne maille ris an Athair, agus maille r'a Mhac Iosa Criosd.

4 Agus tha sinn a' sgriobhadh nan nithe so d'ar ionnsuidh'e, chum gu'm bi bhur gàirdeachas co'-lionta.

5 Agus is i so an teachdoireachd a chuala sinn uaithe-sin, agus ata sinn a' cur ann céill dhuibhse; Gur solus Dia, agus nach 'eil dorchadas air bith ann-san.

6 Ma deir sinn gu bheil co'-chomunn againn maille ris, agus sinn a' gluasachd ann dorchadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus ni bheil sinn a' deanamh na fìrinn:

7 Ach ma ghluaiseas sinn ann san t solus, amhuil tha eisean san t solus, 'ta co'-chomunn againn r'a chéile, agus glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic, sinn o'n uile pheaca'.

8 Ma deir sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'g ar mealladh fein, agus ni bheil an fhìrinn annainn.

9 Ma dh' aid'icheas sinn ar peacaidh,

èaidh, tha eisean firinneach, agus ceart chum ar peacaidh a mhaitheamh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd.

10 Ma deir sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a' deanamh breugoire dheth-sin, agus ni bheil fhocal annainn.

CAIB. II.

1 *Tha è toirt co'-fhurtachd dhoibh 'n aghaidh peacaidh anmhuinneachd.* 3 *'S è fior eòlas De àitheanta a choimhead*; 9 *ar bràithre a ghràdhachadh*, 15 *agus gun ghaol a thoirt do 'n t saoghal.* 18 *'S eigin duinn bhi air ar faicill ann aghaidh luchd-meallaidh:* 20 *'Ta na daoine diadhaidh air an coimhead o'n ceilgsin le buanachadh ann an creidimh agus ann an naomhachd beatha.*

MO chlann bheag, na nithe so sgriobham dhuibh, chum's nach peacaich sibh. Agus ma pheacaicheas neach air bith, 'ta fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean:

2 Agus is eisean an iobairt-réitich air son ar peacaidh-ne: agus ni h è air son ar peacaidh-ne 'mhàin, ach mar an ceudna air son *peacaidh* an t saoghail uile.

3 Agus le so 'ta fhios againn gur h aithne dhuinn è, ma choimheadas sinn àitheanta.

4 An ti a deir, Is aithne dhamh è, agus nach 'eil a' coimhead àitheanta, is breugoire è, agus ni bheil an fhìrinn ann.

5 Ach ge b'è choimheadas fhocal, ann-san gu deimhin ata gràdh Dhe air a dheanamh foirfe: le so 's aithne dhuinn gu bheil sinn ann.

6 An ti a deir gu bheil è fantuinn ann-san, 's coir dha fòs gluasachd eadhon mar a ghluais eisean.

7 A bhràithre, ni 'n sgriobham àithne nuadh dhuibh, ach sean àithne, a bha agaibh o'n toiseach: 's i 'n t sean àithne am focal a chuala sibh o thùs.

8 A-rìs, sgriobham àithne nuadh dhuibh, ni ata fior ann-san agus annaibhse: do bhri' gu 'n d' imich an dorchadas thairis, agus gu bheil a noise an solus fior a' dealrachadh.

9 An ti a deir gu bheil è san t solus, agus a 'ta fuathachadh a bhràthar, tha è san dorchadas gus a noise.

10 An ti aig am bheil gràdh d'a bhràthair, tha è 'na chomhnuidh san t solus, agus ni bheil àdhbhar oilbheim air bith ann.

11 Ach an ti a 'ta fuathachadh a bhràthar, tha è ann dorchadas, agus ag im'eachd ann dorchadas, agus ni h aithne dha c' àite 'm bheil è dol, do bhri' gu'n do dhall dorchadas a shùilean.

12 Sgriobham d'ar ionnsuidh, a chlann bheag, do bhri' gu bheil bhur peacaidh air am maitheamh dhuibh air sgà' ainm-sin.

13 Sgriobham d' ar ionnsuidh, aithreacha, do bhri' gu'm b' aithne dhuibh eisean a 'ta o thùs. Sgriobham d'ar ionnsuidh, òganacha, do bhri' gu'n d' thug sibh buaidh air an droch aon. Sgriobham d'ar ionnsuidh, a chlann bheag, do bhri' gu'm b' aithne dhuibh an t Athair.

14 Sgriobh mi d'ar ionnsuidh, aithreacha, do bhri' gu'm b' aithne dhuibh an ti *a'ta* ann o thùs. Sgriobh mi d'ar ionnsuidh, òganacha, do bhri' gu bheil sibh làidir, agus ata focal Dhe 'na chomhnuidh annaibh, agus thug sibh buaidh air an droch aon.

15 Na gràdhaichibh an saoghal, no na nithe a'ta san t saoghal. Ma ghràdhaicheas neach air bith an saoghal, ni bheil gràdh an Athar ann.

16 Oir na h-uile a 'tà ann san t saoghal,

t saoghal, ain-mhiann na feòla, agus ain-mhiann nan sùl, agus uabhar na beatha, ni h ann o'n Athair ata iad, ach o'n t saoghal.

17 Agus siùbhlaidh an saoghal seachad, agus ain-mhiann: ach an ti a ni toil De, mairidh sè choidhch'.

18 A chlann bheag, 's i 'n aimsir dheireannach tha ann: agus amhuil a chuala sibh gu'n d' thig an t anacriosd, is ann mar sin ata 'noise iomad ana-criosd ann; o 'm bheil sinn a' tuigsinn gur i 'n aimsir dheireannach a 'ta ann.

19 Chuaidh iad amach uainne, ach cha raibh iad dhinn: oir nam biodh iad dhinn, gu deimhin bhiodh iad air fantuinn maille ruinn: ach *chuaidh iad amach*, chum gu deantadh follasach iad, nach raibh iad uile dhinne.

20 Ach tha agaibhse ungadh o'n ti naomha, agus is aithne dhuibh na h uile nithe.

21 Cha do sgriobh mi d'ar ionnsuidh do bhri' nach aithne dhuibh an fhirinn: ach do bhri' gur h aithne dhuibh i, agus nach 'eil breug air bith o'n fhirinn.

22 Co a 'ta 'n a bhreugoire, ach eisean a' dh' aichsheunas gur h è losa an Criosd? 's è so an t anacriosd, a' ta 'g aichsheun' an Athar agus a' Mhic.

23 Ge b'è neach a dh' aichsheunas am Mac, ni bheil an t Athair aige; *ach an ti a dh' aid'icheas am Mac, tha an t Athair aige mar an ceudna.*

24 Uime sin fanadh an ni sin annaibhse a chuala sibh o thùs. Ma dh' fhanas an ni a chuala sibh o thùs annaibh, fanaidh sibhse mar an ceudna ann sa Mhac, agus ann san Athair.

25 Agus is è so an gealladh a gheall è dhuinne, *eadhon* a' bheatha mhairtheanach.

26 Sgriobh mi na nithe so d'ar ionnsuidh, mu thimchioll na droinge a 'ta 'g ar mealladh.

27 Ach tha an t ungadh a fhuair sibh uaithe-sin, a' fantuinn annaibh; agus ni bheil feum agaibh gu'n deanadh aon neach bhur teagasg: Ach, amhuil ata an t ungadh sin fein 'g ar teagasg mu thimchioll nan uile nithe, agus ata è fior, agus ni 'm breug è: agus mar a theagaisg è sibh, fanaidh sibh ann.

28 Agus a noise, a chlann bheag, fanaibh ann; chum 'nuair a dh' fhoillsichear è, gu 'm bi dànachd againn, agus nach bi nàirè oirn 'n a làthair aig a theachd.

29 Ma 'ta fhios agaibh gu bheil eisean firean ta, tha fhios agaibh gu bheil gach uile neach a ni firean tachd, air am breith uaithe-sin.

CAIB. III.

1 *Tha è cur ann céill gràidh iongantaich Dhe dhuinne, ann an sinn a dheanamh 'n ar cloinn dha fein:*
3 *gur còir dhuinn uime sin àitheanta a choimhead le h urram,*
11 *agus mar an ceudna gràdh bràthaireil a bhi againn d'a chéile.*

FEUCHAIBH, ciod a' ghnè gràidh a thug an t Athair dhuinne, gu'n goirteadh clann De dhinn: uime sin ni 'n aithne do'n t saoghal sinn do bhri' nach b' aithne dha eisean.

2 A mhuintir mo ghràidh, 'noise is sinne mic Dhe, agus ni 'n soilleir fòs ciod a bhitheas sinn: ach ata fhios againn, 'n uair a dh' fhoillsichear eisean, gu'm bi sinn cosmhuil ris; oir chi sinn è mar ata è.

3 Agus gach uile neach aig am bheil an dochas so ann-san, glanaidh sè è fein, amhuil ata eisean glan.

4 Ge b'è neach a ni peacadh, tha è mar an ceudna a' briseadh an lagha: oir is è am peacadh briseadh an lagha.

5 Agus ata fhios agaibh gu'n d'fhoillsicheadh eisean chum ar peacaidh-ne thoirt air falbh; agus ni

bheil

bheil peacadh sam bith ann-san.

6 Ach uile neach a dh' fhanas ann-san, cha dean è peacadh: ge b'è air bith a pheacaicheas, cha 'n fhaca sè eisean, agus cha raibh eolas aige air.

7 A chlann bheag, na mealladh neach air bith sibh: an ti a ni fìreantachd, is fìrean è, amhuil is fìrean eisean:

8 An ti a ni peacadh, is ann o'n diabhol ata è; oir tha an diabhol a' peacachadh o thùs. Is ann chum na criche so a dh' fhoillsicheadh Mac Dhe, chum gu'n sgriosadh è oibridh an diabhoil.

9 Ge b'è neach a ghinear o Dhia, cha dean è peacadh; oir ata a shiol a' fantuinn ann: agus ni 'n comas da peacadh a dheanamh, do bhri' gu'n do ghineadh o Dhia è.

10 Ann so ata clann De agus clann an diabhoil follasach: Ge b'è neach nach dean fìreantachd, ni h ann o Dhia ata è, no an ti nach gràdhaich a bhràthair.

11 Oir is i so an teachdoireachd a chuala sibh o thùs, eadhon sinn a thoirt gràidh d'a chéile.

12 Ni mar Chain, *neach a* bha o'n droch aon ud, agus a mharbh a bhràthair: Agus c'ar son a marbh sè è? Do bhri' gu'n raibh oibridh fein olc, agus *oibridh* a bhrathar fìreanta.

13 Na gabhaibh iongantas, mo bhràithre, ge do dh' fhuathaicheas an saoghal sibh.

14 Tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhri' gu bheil gràdh againn do na bràithribh: an ti nach gradhaich *a* bhràthair, 'ta è fantuinn ann am bàs.

15 Gach uile neach a dh' fhuathaicheas a bhràthair, is mort-fhear è: agus tha fhios agaibh nach 'eil aig mort-fhear sam bith a' bheatha mhairtheanach a' fantuinn ann.

16 Leis a so is aithne dhuinn gràdh Dhe, do bhri' gu'n do leag eisean anam fein air ar son: agus is còir dhuinne *ar* n anama fein a leagadh sios air son nam bràithre.

17 Ach ge b'è neach aig am bheil maoin an t saoghail so, agus a chi a bhràthair ann uireasbhuidh, agus a dhruideas a chroidhe 'na aghaidh, cionnas ata gràdh Dhe a' gabhail comhnuidh ann-san?

18 Mo chlann bheag, na gràdhaicheamaid ann an guth, no ann an teangaidh, ach ann an gniomh agus ann am fìrinn.

19 Agus le so is aithne dhuinn gu bheil sinn do'n fhìrinn, agus bheir sinn cinnte d'ar croidhibh 'na làthair do thaobh sin.

20 Oir ma dhìteas ar croidhe sinn, is mò Dia na ar croidhe, agus is aithne dha na h uile nithe.

21 A chàirde gràdhacha, mur dìt ar croidhe sinn, tha dànachd againn thaobh Dhe.

22 Agus ge b'è ni a dh' iarras sinn, gheibh sinn uaithe è, do bhri' gu bheil sinn ag coimhead àitheanta, agus a' deanamh nan nithe a 'ta taitneach 'na fhia'nais-sin.

23 Agus is i so àithne-sin, gu'n creideamaid ann ainm a Mhic Iosa Criosd, agus gu'n gràdhaicheamaid a chéile, mar a thug eisean àithne dhuinn.

24 Agus an ti a choimheadas àitheanta-san, tha è gabhail comhnuidh ann, agus eisean ann-san: agus le so aithnicheamaid gu bheil eisean a' fuireach annainn, o'n Spiorad a thug sè dhuinn.

CAIB. IV.

1 *Tha è toirt rabhaidh dhcibh gun iad a chreidsinn nan uile luchd-teagaisg a ni b'fd as an Spiorad, ach an dearbhadh le riaghailtibh a' chreidimh choitchionn: 7 agus tha è le h iomadh reuson*

'g am

'g am brosnachadh gu gràdh brà-thaireil.

AMHUINTIR ionmhuinn, na creidibh gach uile spiorad, ach dearbhaibh na spiorada, an ann o Dhia ata iad: do bhri' gu bheil mòran do fhàidhibh bréige air dol amach do'n t saoghal.

2 Le so aithnichibh Spiorad Dhe: gach uile spiorad a dh' aidmhicheas gu 'n d' thainig Iosa Criosd san fheoil, is ann o Dhia ata è.

3 Agus gach uile spiorad nach aid'ich gu bheil Iosa Criosd air teachd san fheoil, ni h ann o Dhia ata è: agus is è so *spiorad* sin an ana-criosd, neach a chuala sibh è bhi teachd, agus a noise 'ta è cheana ann san t saoghal.

4 A chlann bheag, 'ta sibhse o Dhia, agus thug sibh buaidh orra-san: do bhri' gur mò eisean a'ta annaibhse, na 'n ti a'ta ann an t saoghal.

5 Tha iadsan o'n t saoghal: uime sin tha iad a' labhairt mu 'n saoghal, agus tha 'n saoghal ag eisdeachd riu.

6 Tha sinne o Dhia: an ti aig am bheil eòlas air Dia, eisdidh è uinne; an ti nach 'eil o Dhia, cha n eisd è ruinn. O so aithnichidh sinn Spiorad na firinn, agus spiorad a' mhearachd.

7 A mhuintir ionmhuinn, gràdhaicheamaid a chéile: oir is ann o Dhia tha 'n gràdh; agus gach uile neach a ghràdhaicheas, ghiedh o Dhia è, agus is aithne dha Dia.

8 An ti nach gràdhaich, ni h aithe dha Dia; oir is gràdh Dia.

9 Ann so dh' fhoillsicheadh gràdh Dhe dhuinne, do bhri' gu 'n o chuir Dia aon-ghin Mhic do'n saoghal, chum gu 'm bitheamaid-ne beo trìd-sin.

10 Ann so 'ta gràdh, ni h è gu'n o ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich eisean sinne, agus gu'n do chuir è a Mhac fein *chum bhi* 'n a iobairt-réitich air son ar peacaidh-ne.

11 A mhuintir ionmhuinn, ma ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha dh' fhiachaibh oirnne chéile a ghràdhachadh mar an ceudna.

12 Cha 'n fhaca neach air bith Dia riamh. Ma ghràdhaicheas sinn a chéile, tha Dia 'na chomhnuidh annainn, agus ata a ghràdh air a dheanamh foirfe annainn.

13 O so is aithne dhuinn gu bheil sinne 'n ar comhnuidh annsan, agus eisean annainne, do bhri' gu 'n d' thug è dhuinn d'a Spiorad.

14 Agus chunnairc sinn agus tha sinn a' deanamh fia'nais, gu'n do chuir an t Athair am Mac uaithe *chum bhi* 'n a Shlànui'-fhear an domhain

15 Ge b'è neach a dh'aidmhicheas gur è Iosa Mac Dhe, tha Dia 'n a chomhnuidh annsan, agus eisean ann Dia.

16 Agus dh' aithnich sinne agus chreid sinn an gràdh a 'ta aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia; agus an ti a 'ta fantuinn ann gràdh, 'ta è 'n a chomhnuidh ann Dia, agus Dia ann-san.

17 Ann so tha ar gràdh-ne air a dheanamh coi'-lionta, chum's gu'm bi againn dànachd ann là a' bhreitheanais: do bhri' mar a tha eisean, gur amhuil sin tha sinne san t saoghal so mar an ceudna.

18 Ni bheil eagal ann an gràdh; ach tilgidh gràdh * diongmhalta an t eagal amach: do bhri' gu bheil pian san eagal: an ti a 'ta eaglach, cha d' rinneadh coi'-lionta' ann an gràdh è.

19 Tha gràdh againne dha-san; do bhri' gur ghràdhaich eisean sinn ann toiseach.

20 Ma deir neach, Tha gràdh agam do Dhia, agus fuath aige d'a

* foirfe,

d'a bhràthair, is breugoir' è: oir an ti nach gràdhaich a bhràthair a chunnaic è, cionnas a dh' fheudas è Dia nach fac' è, a ghràdhachadh?

21 Agus an àithne so 'ta againn uaithe-sin, An ti ghràdhaicheas Dia, gu 'n gràdhaicheadh è a bhràthair mar an ceudna.

CAIB. V.

1 *An ti leis an ionmhuinn Dia, is ionmhuinn leis a chlann, agus coimheadaidh sè àitheanta; a 'ta ea-trom, so choimhead do na creidmhich* 9 *'S è Iosa Mac Dhe, agus tha è comasach air finne a shàbhaladh,* 14 *agus air ar n ùrnuighean a fhreagairt, a ni finn air ar son fein, agus air son muintir eile.*

GE b'è neach a chreideas gur è Iosa an Crìosd, ghineadh o Dhia è; agus ge b'è ghràdhaicheas an ti a ghin, gradhaichidh sè mar an ceudna an ti a ghineadh leis.

2 O so is aithne dhuinn gu bheil gràdh againn do chloinn De, 'n uair a ghràdhaicheas sinn Dia agus a choimheadas sinn àitheanta.

3 Oir is è so gràdh Dhe, sinn a choimhead àitheanta: agus ni bheil àitheanta-san * trom.

4 Oir gach uile ni a ghinear o Dhia, bheir è buaidh air an t saoghal: agus is i so a' bhuaidh a bhuaidhicheas air an t saoghal, *eadhon* ar creidimh-ne.

5 Co an ti a bhuaidhicheas air an t saoghal, ach eisean a 'ta creidsinn gur h è Iosa Mac Dhe?

6 Is è so eisean a thainig trìd uisge agus trìd fhuil, Iosa Criosd; ni h è trìd uisge 'mhàin, ach trìd uisge agus fuil: agus is è 'n Spiorad a ni fia'nais, do bhri' gur fìrinn an Spiorad.

7 Oir tha triuir a 'ta deanamh fia'nais air neamh, an t Athair, am Focal, agus an Spiorad naomha: agus an triuir sin is aon iad.

8 Agus tha triuir a 'ta deanamh fia'nais air an talamh, an Spiorad, agus an t uisge, agus an fhuil: agus thig an triuir sin r'a chéile ann aon.

9 Ma ghabhas sinn re fia'nais dhaoine, 's i fia'nais De a's mò: oir is i so fia'nais De, a thug sè mu thimchioll a Mhic.

10 An ti a chreideas ann am Mac Dhe, tha 'n fhia'nais aige ann fein: an ti nach creid Dia, rinn è breugoire dheth, do bhri' nach do chreid sè an fhia'nais a rinn Dia mu thimchioll a Mhic.

11 Agus is i so an fhia'nais, gu'n d' thug Dia dhuinne beatha mhairtheanach: agus ata a' bheatha so ann a Mhac.

12 An ti aig am bheil am Mac, tha beatha aige: an ti aig nach 'eil Mac Dhe, cha 'n 'eil beatha aige.

13 Na nithe so sgriobh mi d'ar n ionnsuidh a'ta creidsinn air ainm Mic Dhe; chum's gu'm bi fios agaibh gu bheil a' bheatha mhairtheanach agaibh, agus chum as gu'n creid sibh ann ainm Mic Dhe.

14 Agus is è so an dòchas a 'ta againn annsan, ma dh' iarras sinn ni sam bith do reir a thoile, gu 'n eisd è ruinn.

15 Agus ma 'ta fhios againn gu'n eisd è ruinn, ge b'è ni a dh' iarras sinn, ata fhios againn gu bheil ar n iarrtais a dh' iarr sinn air againn.

16 Ma chi neach sam bith a bhràthair a' peacachadh peacaidh nach 'eil a chum bàis, iarraidh sè, agus bheir è beatha dha, dhoibhsin nach 'eil a' peacachadh chum bàis. Tha peacadh chum bàis ann: ni 'n abram, gur còir dha guidheadh air a shon sin.

17 Is peacadh gach uile ea-coir: agus tha peacadh ann nach 'eil a chum bàis.

18 Tha

* do-dheanta.

18 Tha fhios againn ge b'è neach a ghineadh le Dia, nach peacaich è, ach an ti a ghineadh o Dhia, coimheadaidh sè è fein, agus cha bhean an droch aon ud ris.

19 Tha fhios againn gur ann o Dhia a tha sinne, agus tha 'n saoghal uile 'n a luidhe san olc.

20 Agus tha fhios againn gu 'n d' thainig Mac Dhe, agus thug è tuigse dhuinn chum gu'm b' aithne dhuinn eisean a 'ta fior: agus tha sinne annsan a 'ta fior, *eadhon* ann a Mhac Iosa Criosd. Is è so an Dia fior, agus a' bheatha mhairtheanach.

21 A chlann bheag, coimheadaibh sibh fein o iodholaibh. Amen.

Dara Litir an Abstoil EOIN.

CAIB. I.

1 *Tha è coimheirleachadh do mhnaoi òirdheirc àraidh agus d'a cloinn buanachadh ann sa chreidimh agus ann gràdh Criosdaidh,* 8 *an t eagal gu'n cailleadh iad duais na h aidmheil a rinn iad roimhe:* 10 *agus gun ghnothuch a bhi aca ris na mealltoiribh sin nach toir fior theagasg Iosa Criosd leo d'an ionnsuidh.*

AN seanoir chum na bain-tighearna thaghta, agus chum a cloinne, a's ionmhuinn leamsa ann san fhìrinn; agus ni leamsa 'mhàin, ach leo-san uile mar an ceudna a ghabh eòlas air an fhìrinn;

2 Air son na fìrinn a 'ta 'na comhnuidh annainne, agus a bhios maille ruinn gu bràth:

3 Gràs, tròcair, *agus* siothchaint gu raibh maille ribhse o Dhia an t Athair, agus o'n Tighearna Iosa Criosd Mac an Athar, ann am fìrinn agus ann an gràdh.

4 Bha gàirdeachas mòr orm, do bhri' gu'n d' fhuair mi *cuid* do d' chloinn-se ag im'eachd ann san fhìrinn, a reir mar a fhuair sinne àithne o'n Athair.

5 Agus a nois guidheam ort, a bhain-tighearna, ni h è mar gu'n sgriobhainn àithne nuadh dhuit, ach *an àithne* a bha againn o thùs, gu 'n gràdhaicheamaid a chéile.

6 Agus is è so an gràdh, gu'n gluaiseamaid a reir àitheanta-san. 'S i so an àithne, mar a chuala sibh o thùs, gu 'n im'icheadh sibh innte.

7 Oir tha mòran mhealltoirean air teachd a steach do'n t saoghal, nach 'eil ag aidmheachadh gu bheil Criosd air teachd san fheoil. Is mealltoir so agus ana-criosd.

8 Thugaibh aire dhuibh fein, nach caill sinn na nithe sin a * shaothraich sinn, ach gu fuigh sinn † làn-thuarasdal.

9 Ge b'è neach a bhriseas *an lagh,* agus nach fan ann an teagasg Chriosd, ni bheil Dia aige: an ti dh' fhanas ann an teagasg Chriosd, ata araon an t Athair agus àm Mac aige.

10 Ma thig neach air bith d'ar n ionnsuidh, agus nach toir è an teagasg so leis, na gabhaibh è a steach d' *ar* tigh, agus na abraibh ris, ‡ Gu ma subhach dhuit.

11 Oir ge b'è neach a deir ris, Gu ma subhach dhuit, tha co'-pairt aige r'a dhroch oibrioh.

12 Air dhamh mòran a bhi agam r'a sgriobhadh chugaibh, cha b' àill leam

* bhuannuich. † làn-duais ‡ Gu'n soirbhichear leat.

leam *sgriobhadh* le paipeir agus dubh ; ach tha dòchas agam teachd d' ar n ionnsuidh, agus labhairt beul re beul, chum's gu'm bi ar gàirdeachas coi'-lionta.

13 Tha clann do pheathar thaghta ag cur fàilte ort. Amen.

Treas Litir an Abstoil EOIN.

CAIB. I.

1 *Tha è a' moladh Ghaiuis air son a dhiadhachd,* 5 *agus aoidheachd do'n fhior luchd-teagaisg ;* 9 *agus air an làimh eile a' deanamh gearain air gnàthachadh mi chàirdeil Dhiotrephes uaibhrich*; 11 *ag innseadh nach còir eisempleirsin a leantuin ;* 12 *agus a' toirt teisteas sonraichte do'n deadh iomradh a bha air Demetrius.*

AN seanoir chum Gaiuis ghràdhaich, a's ionmhuinn leam san fhìrinn.

2 A *bhràthair* ghràdhaich, 's è mo ghuidheadh roimh gach uile ni gu 'n soirbhicheadh leat agus gu'm biodh tu slàn, amhuil ata soirbheachadh le t anam.

3 Oir rinn mi gàirdeachas gu mòr 'n uair a thainig na bràithre, agus a rinn iad fia'nais do'n fhìrinn a 'ta annadsa, amhuil ata thusa 'g imeachd san fhìrinn.

4 Ni bheil gàirdeachas agam a's mò na bhi cluinntin gu bheil mo chlann ag imeachd san fhìrinn.

5 A *bhràthair* ghràdhaich, is dìleas a ni thu gach ni a'ta thu deanamh do na bràithribh, agus do choigrich ;

6 Muintir a rinn fia'nais air do ghràdh ann làthair na h eaglais : ma bheir thu air an aghaidh iad 'n an slighe mar is cubhaidh do Dhia, is maith a ni thu :

7 Oir chuaidh iad amach air sgà' ainm-sin, gun ni air bith a ghabhail o na Cinnich.

8 Uime sin tha dh' fhiachaibh oirnne gabhail r'an leithidibh sin, chum gu'm bitheamaid 'n ar co'-shaothraichibh do'n fhìrinn.

9 Sgriobh mi chum na h eaglais : ach ni 'n gabh Diotrephes, leis am miann àrd-cheannas a bhi aige 'n am measg, ruinne.

10 Uime sin ma thig mi, cuimhnichidh mi oibridh a'ta è deanamh, a' bith-labhairt 'n ar n aghaidh le briathraibh * aingidh : agus ni 'n leòir leis sin, ach ni mò ata è fein a' gabhail ris na bràithribh, agus tha è a' bacadh an droing leis am b' àill, agus 'g an tilgeadh amach as an eaglais.

11 A *bhràthair* ghràdhaich, na lean an ni a 'ta olc, ach an ni a 'ta maith. An ti a ni maith, is ann o Dhia ata è : ach an ti a ni olc, cha'n fhac' è Dia.

12 Tha deadh theisteas air Demetrius o gach uile, agus o'n fhìrinn fein : seadh, tha sinne *mar an ceudna* a' deanamh fia'nais, agus tha fios agaibh gu bheil ar fia'nais-ne fior.

13 Bha mòran agam r'a sgriobhadh, ach cha 'n àill leam sgriobhadh le dubh agus peann a tionnsuidh :

14 Ach tha dòchas agam t fhaicsinn a chlisge, agus labhraidh sinn beul re beul. Siothchaint maille riut. Tha na càirde cur fàilte ort. Cuir fàilte air na càirdibh air an ainm.

Litir

* naimhdeil, mi-runach,

CAIB. I.

1 *Tha è 'g am brosnachadh chum bhi bunaiteach ann aidmheil a' chreidimh.* 4 *Tha luchd-teagaisg bréige air teachd a steach 'nam measg chum am mealladh; agus tha peanas ro-eaglach air ull'uchadh sa chombair na muintir sin, air son an droch theagaisg agus an caithe'-beatha sithi-naomha:* 20 *Ann riochd so gu'm feud na daoine diadhaidh, tre chongnamh an Spioraid naoimh, agus ùrnuighean re Dia, buanachadh agus fàs ann an gràs; iad fein a ghleidheadh, agus daoin' eile a shaoradh a liontaibh nam mealltoirean sin.*

IUDAS searbhant Iosa Criosd, agus bràthair Sheumais, chum na droing' a 'ta air an naomhachadh le Dia an t Athair, agus air an coimhead le Iosa Criosd, *agus a 'ta* air an gairm:

2 Gu raibh tròcair, agus sìothchaint, agus gràdh air am mèudachadh dhuibhse.

3 A mhuintir ionmhuinn, air dhamh an uile dhìchioll a dheanamh chum sgriobhadh d' ar n ionnsuidh mu thimchioll na slàinte * choitchionn: b' fheumail damh sgriobhadh d'ar n ionnsuidh, † 'g ar n earalach' sibh a chathachadh gu dìchiollach air son a' chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh.

4 Oir ‡ dh' èulaigh daoine àraidh a steach, a dh' òrduicheadh roimhe o shean chum na dìte' so, *daoine* mi-dhiadhaidh, a'ta tionndadh gràis ar De-ne gu macnus, agus a 'ta 'g àichsheun' Dhe, a's aon Uachdaran ann, agus ar Tighearna Iosa Criosd.

5 Uime sin is àill leam bhur cur ann cuimhne, ge do bha fhios agaibh § aon uair air so, cionnas taireis do'n Tighearna am pobull a shaoradh a talamh na h Eipht, a sgrios è ann diaigh sin an droing nach do chreid.

6 Agus na h aingil nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite-comhnuidh fein, choimhid sè ann geimhlibh siorruidh fuidh dhorchadas, sa chomhair breitheanais an là mhòir.

7 Amhuil ata Sodom agus Gomorrha, agus na bailte mu 'n cuairt orra, a thug iad fein thairis do strìopachas air a' mhodh cheudna, agus a bha leantuin feòla coimheich, air an cur suas 'nam ball-sampuill, a' fulang dioghaltais teine shiorruidh.

8 Mar an ceudna fòs ata an luchd-bruadair neo-ghlan sin a' salchadh na feòla, a' deanamh tàir air uachdranachd, agus a' labhairt ‖ gu toibheumach air àrdinbhibh.

9 Gidheadh cha do ghabh Michael an t àrd-aingeal, 'nuair a chathaich è 'n aghaidh an diabhoil, agus a rinn è deasboireachd mu chorp Mhaois, dànadas air casaid thoibheumach a thoirt 'na aghaidh, ach a dubhairt sè, Gu cronuicheadh an Tighearn' thu.

10 Ach tha 'n droing sin a' labhairt ** gu toibheumach air na nithibh nach aithne dhoibh: ach na nithe sin a's aithne dhoibh air mhodh nàdurra, mar ainmhidhibh gun reuson, tha iad 'g an truailleadh fein annta.

11 Is an-aoibhinn doibh; oir dh' imich iad ann sligh Chain, agus ruidh iad gu togarrach ann am mearachd Bhalaam air ghaol tuara-

† D d d sdail,

* chumanta. † a' cur impidh oirbh. ‡ gl oid. § roimhe. ‖ gu tàir-chainnteach, maslach. ** uile mu na nithibh.

ſdail, agus * chuaidh iad am mugha ann an-cainnt cheannarcaich Chore.

12 Is ſmala iad ſin ann bhur fèiſdibh gràidh, 'n uair ata iad air fèiſdibh maille ribh, 'g am beathachadh fein gun eagal: *is* neoil *iad* gun uiſge, air an giùlan mu 'n cuairt le gaothaibh; craobhan ſearg-mheaſach, gun toradh, dà uair marbh, air an ſpìonadh as am ſrèumhaibh;

13 Garbh thonna na fairge, a ſgeitheas an nàire fein mar chobhar; reulta ſeachranach d' am bheil duibhre an dorchadais gu ſiorruidh air a thaſgaidh.

14 Agus rinn Enoch fòs, an ſeachdmhadh *pearſa* o Adhamh, fàidheadoireachd orra ſin, ag radh, Fèuch, tha 'n Tighearn' a' teachd le deich mìltibh d'a naomhaibh,

15 A dheanamh breitheanais air na h uile, agus chum gach neach a 'ta mi-dhiadhaidh 'n am meaſg fhàgail ris, thaobh an uile ghnìomhartha mi-dhiadhaidh a rinn iad gu mi-dhiadhaidh, agus thaobh an uile *bhriathra* cruaidh, a labhair peacaich mi-dhiadhaidh 'n a aghaidh.

16 Is luchd monmhoir agus gearain an droing ſo, a'ta 'g im'cachd a reir an ain-mhiann fein; agus tha 'm beul a' labhairt *bhriathra* † atmhor, agus iad a' ‡ gabhail iongantais do phearſaibh dhaoine air sgà' buannachd.

17 Ach cuimhnichibhſe, a mhuintir mo ghràidh, na focail a labhradh ribh roimhe le abſtolaibh ar Tighearna Ioſa Crioſd:

18 *Mar* a dubhairt iad ribh, gu'm biodh ann ſan aimſir dheireannaich luchd-fanoid, a ghluaiſeadh a reir an ain-mhianna midhiadhaidh fein.

19 'S iad ſin an dream a sgaras iad fein o chàch, § collàidh, gun an Spiorad aca.

20 Ach air bhi dhuibhſe, a mhuintir ionmhuinn, 'g ar tog'ail fein ſuas ann bhur creidimh ronaomha, *agus* a' deanamh ùrnuigh ſan Spiorad naomh,

21 Coimhidibh ſibh fein ann gràdh Dhe, le sùil re tròcair ar Tighearna Ioſa Crioſd chum na beatha mairtheanaich.

22 Agus gabhaibh truas do dhream araidh, a' deanamh eidirdhealachaidh:

23 Agus tearnaibh dream eile le h eagal, 'gan tarruing as an teine; ag fuathachadh eadhon an eadaich, air am bheil ſmal na feòla.

24 'Noiſe dha-ſan a'ta cumhachdach chum ſibhs' a ghleidheadh o thuiſleadh, agus *bhur* cur gu neolochdach ann làthair a ghlòire le h aoibhneas ro-mhòr,

25 Do'n Dia a 'ta 'mhàin glic, ar Slànui'-fhear, *gu raibh* glòir agus mòralachd, ‖ neart agus cumhachd, a noiſe agus gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

TAISBEANADH EOIN an Diadhair.

CAIB. I.

4 *Tha Eoin a' ſgrìobhadh a thaisbeanaidh chum ſeachd eaglaiſean na h Aſia, a ta air an ciallachadh leis na ſeachd coinnleìribh òir.* 7 *Teachd Chrioſd:* 14 *A chumhachd glòrmhor, agus a mhòralachd.*

TAIS-

* ſgrìoſadh iad. † uaibhreach. ‡ a' toirt mòr-mheas. § nàdurra.
‖ tìg earnas, uachdranachd.

TAISBEANADH Iofa Crioſd, a thug Dia dha, a dh' fhoillſeachadh d'a ſheirbhiſich nithe a's eigin teachd gu crìch ann an aithghearr'; agus chuir è teachdoireachd uaithe, agus le na aingeal fein dh' fhoillſich sè *iad* d'a ſhearbhant Eoin:

2 A rinn fia'nais air focal De, agus air teiſteas Iofa Crioſd, agus air gach ni a chunnairc è.

3 *Is* beannuichte 'n ti a leughas, agus an droing a dh' eiſdeas re briathraibh na faidheadoireachd ſo, agus a choimheadas na nithe a 'ta ſgriobhta innte: oir tha 'n t àm am fogus.

4 EOIN chum nan ſeachd eaglaiſean a 'ta ſan Aſia: Gràs *gu raibh* dhuibhſe, agus ſìth o'n ti a 'ta, agus a bha, agus a 'ta re teachd; agus o na ſeachd ſpioradaibh a 'ta 'm fia'nais a righchaithreach-ſan;

5 Agus o Iofa Crioſd, *neach a's è* 'n fhia'nais fhior, an ceud-ghin o na marbhaibh, agus prionnſadh righridh na talmhain: Dha-ſan a ghràdhaich ſinn, agus a dh' ionnlaid ſinn o ar peacaibh ann na fhuil fein,

6 Agus a rinn righridh dhinn agus ſagarta do Dhia agus d'a Athair-ſin; dha-ſan *gu raibh* glòir agus cumhachd gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

7 Feuch, tha è teachd le nèulaibh; agus chi gach uile ſhùil è, agus iadſan *mar an ceudna* a lot è: agus caoinidh uile threabha na talmhain air a lhon-ſa: gu ma h amhluidh a bhitheas, Amen.

8 Is miſe Alpha agus Omega, an tùs agus a' chrioch, a deir an Tighearna, a 'ta, agus a bha, agus a 'ta re teachd, an t Uile-chumhachdach.

9 Bha miſe Eoin, bhur dearbhbhràthair-ſe, agus bhur companach ann an triobloid, agus ann an rioghachd agus am foighidin Iofa Crioſd, ann ſan *eilean d'an goir'ear Patmos, air ſon focail De, agus air ſon fia'nais Iofa Crioſd.

10 Bha mi ſan Spiorad air là an Tighearna, agus chuala mi air mo chùl-thaobh guth mòr, mar *ghuth* trompaid,

11 Ag radh, Is miſe Alpha agus Omega, an ceud *neach* agus an *neach* deireannach: agus, Sgriobh ann an leabhar an ni a chi thu, agus cuir *è* chum nan ſeachd eaglaiſean a 'ta ſan Aſia; chum Epheſuis, agus chum Smirna, agus chum Pergamos, agus chum Thiatira, agus chum Shardis, agus chum Philadelphia, agus chum Laodicea.

12 Agus thionndaidh mi a dh' fhaicſinn a ghutha do labhair rium. Agus air tionndadh dhamh, chunnairc mi ſeachd coinnleirean òir;

13 Agus am meadhon nan ſeachd coinnleire, *neach* coſmhuil re Mac an duine, air an raibh eadach a ràinig ſios gus a ſhàilibh, agus air a chriosradh le crios òir mu chiochaibh.

14 *Bha* a cheann agus fholt geal mar oluinn ghil, mar ſhneachda; agus *bha* a ſhùilean mar laſair theine;

15 Agus a chos coſmhuil re † prais fhior-mhaiſich, mar gu'm bitheadh iad a' dearg-loſgadh ann an àmhuinn; agus a ghuth mar thoirm mhòrain uiſgeacha.

16 Agus bha aige 'n a làimh dheis ſeachd reulta: agus choidheamh geur dà fhaobhair a' teachd amach as a bheul; agus *bha* ghnùis mar a' ghrian a' dealrachadh 'n a làn neart.

17 Agus 'n uair a chunnairc mi è, thuit mi ſios aig a' chos aibh ann riochd mairbh: agus chuir è a làmh dheas orm, ag radh rium,

Na

* oilean † umha.

Na biodh eagal ort: is mise an ceud *neach* agus an *neach* deireannach.

18 *Is mi* an ti a'ta beo, agus a bha marbh; agus feuch, tha mi beo gu saoghal nan saoghal, Amen; agus tha eochracha ifrinn agus a' bhais agam.

19 Sgriobh na nithe a chunnairc thu, agus na nithe a'ta ann, agus na nithe a bhitheas ann diaigh so,

20 Rùn-diomhair nan seachd reulta a chunnairc thu ann am làimh dheis, agus nan seachd coinnleirean òir. Is iad na seachd reulta, aingil nan seachd eaglaise: agus is iad na seachd coinnleirean a chunnaic thu, na seachd eaglaise.

CAIB. II.

1 *Ciod a dh'àithneadh do Eoin a sgriobhadh chum aingle* ('s iad sin, *ministeiridh*) *nan eaglaisean*, 1 *Ephesuis*, 8 *Smirna*, 12 *Phergamois*, 18 *Thiatira: Agus ciod ata air a mholadh, no a fhuaradh uireasbhuidheach annta-san.*

CHUM aingil eaglais na h Ephesus, sgriobh, Is iad so na nithe a deir an ti a'ta cumail nan seachd reulta 'n a làimh dheis, a'ta 'g im'eachd ann am meadhon nan seachd coinnleirean òir;

2 Is aithne dhamh t oibridh, agus do shaothair, agus t fhoighidin, agus nach urradh thu giùlan leofan a'ta olc: agus dhearbh thu iadfan a deir gur abstoil iad fein, agus nach eadh; agus fhuair thu iad breugach:

3 Agus ghiùlain thu, agus tha foighidin agad, agus air sgà' m'ainme-se rinn thu saothair, agus cha d'thug thu thairis.

4 Gidheadh, tha agam a' t aghaidh, gur thréig thu do cheud ghràdh.

5 Cuimhnich uime sin cia uaithe a thuit thu, agus gabh aithreachas, agus dean na ceud oibridh; no thig mi ort gu grad, agus athar-raichidh mi do choinnleir as àite, mur gabh thu aithreachas.

6 Ach ata so agad, gur fuathach leat oibridh nan Nicolaitanach, nithe mar an ceudna a's fuathach leamsa.

7 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è creud a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh, Do 'n ti 'a bhuaidhicheas bheir mise r'a itheadh do chraoibh na beatha, a'ta ann am meadhon phàrrais De.

8 Agus chum aingil eaglais na Smirna, sgriobh, Na nithe so a deir eisean a 's è 'n ceud *neach* agus an *neach* deireannach, a bha marbh, agus a'ta beo;

9 Is aithne dhamh t oibridh, agus do thriobloid, agus do bhochdainn, (gidheadh ata thu * beartach) agus *is aithne dhamh* blaisphem' na muintir a deir gur Iudhaich iad fein, agus cha'n eadh, ach *is iad* sionagog Shàtain.

10 Na gabh eagal roimh h aon do na nithibh sin a dh' fhuilingeas tu: feuch, tilgidh an diabhol cuid agaibh ann am prìosun, chum's gu'n dearbhar sibh; agus bithidh triobloid agaibh rè dheich laith': bio-sa f'irinneach gu bàs, agus bheir mise dhuit crùn na beatha.

11 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è creud a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh, An ti a bheir buaidh, cha chiurrar leis an dara bàs è.

12 Agus chum aingil na h eaglais a'ta ann am Pergamos, sgriobh, Na nithe so deir eisean, aig am bheil an cloidheamh geur da fhaobhair,

13 Is aithne dhamh t oibridh, agus c' àit' am bheil thu a' d' chomhnuidh, *eadhon* far *am bheil* caithir Shàtain: agus ata thu a' cumail m' ainme gu daingean, agus cha d' àichsheun thu mo chreidimh, eadhon

* saibhir.

dhon ann fna laithibh fin ann *an raibh* Antipas 'n a mhairtireach fìrinneach dhamh, a mharbhadh 'n ar measg, far am bheil Sàtan 'na chomhnuidh.

14 Gidheadh ata beagan agam a' t aghaidh, do bhri' gu bheil agad ann fin an droing a'ta cumail teagaisg Bhalaam, a theagaisg do Bhalac ceap-tuisllidh a chur roimh chloinn Israeil, chum nithe a dh' iobradh do iodholaibh itheadh, agus strìopachas a dheanamh.

15 Is amhuil fin ata agad fos an dream a 'ta cumail teagaisg nan Nicolaitanach, ni a's fuathach leamsa.

16 Gabh aithreachas, no thig mi a' t ionnsuidh gu grad, agus cogaidh mi 'nan aghaidh le cloidheamh mo bheoil.

17 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è creud a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh. Do 'n ti a bhuaidheachas bheir mi r'a itheadh do'n mhanna fholuichte, agus bheir mi dha cloch gheal, agus air a' chloich ainm nuadh sgriobhta, nach aithne do neach air bith, ach an ti a gheibh *i*.

18 Agus chum aingil na h eaglais a'ta ann an Tiatira, sgriobh, Na nithe so deir Mac Dhe, aig am bheil a shùile mar lasair theine, agus a chosa mar phrais fhior-mhaisich;

19 Is aithne dhamh t oibridh, agus do ghràdh, agus do sheirbhis, agus *do* chreidimh, agus t fhoighidin, agus t oibridh deireannach; gu *bheil iad* ni 's mò na do cheud oibridh.

20 Gidheadh, ata agam beagan do nithibh a' t aghaidh, gu bheil thu a' fulang do'n mhnaoi sin Iesebel, a deir gur ban-fhàidh i fein, mo sheirbhisich a theagasg agus a mhealladh chum strìopachas a dheanamh, agus nithe a dh' iobradh do iodholaibh itheadh.

21 Agus thug mi dh'i ùine gu aithreachas a ghabhail d'a strìopachas, agus nior ghabh si aithreachas.

22 Feuch, tilgeam i ann an leabaidh, agus iadsan a'ta deanamh adhaltrannais ria ann an triobloid mhòir, mur gabh iad aithreachas d'an gniomharthaibh.

23 Agus marbhaidh mi a clann leis a' bhàs; agus bithidh fhios aig na h eaglaisibh uile gur mise an ti sin a sgrùdas na h airne agus na croidheacha: agus bheir mi do gach aon agaibhse a reir bhur n oibridh.

24 Ach ribhs' a deiream, agus ris a' chuid eile ann an Tiatira, Mheud aig nach 'eil an teagasg so, agus do nach b'aithne doimhne Shàtain, mar a deir iad, cha chuir mi uallach eile oirbh.

25 Ach cumaibh gu daingean an ni a'ta agaibh, gus an d' thig mi.

26 Agus an ti a bhuaidheachas, agus a * choimheadas m' oibridh gus a' chrìch, dha-san bheir mi cumhachd os ceann nan Cinneach:

27 (Agus riaghlaidh sè iad le slait iaruinn: mar shoithichibh creatha brisear 'n am bloidibh iad) amhuil a fhuair mise o m' Athair.

28 Agus bheir mi dha reult na maidne.

29 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è creud a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh.

CAIB. III.

1 *'Ta aingeal eaglais Shardis air a chronachadh, 3 air earalachadh gu h aithreachas, agus air a bhagairt mur gabh è aithreachas. 8 Tha aingeal eaglais Philadelphia air a mholadh air son a dhìchill agus fhoighidin. 15 Tha aingeal eaglais Laodicea air a chronachadh air son nach raibh è fuar no teath;*

* ghleidheas.

teath, 16 *agus air earalachadh bhi ni 's èudmhoire.* 20 *Tha Criosd 'n a sheasamh aig an dorus agus 'g a bhualadh.*

AGUS chum aingil na h eaglais a 'ta ann Sardis, sgriobh, Na nithe so deir an ti aig am bheil seachd spiorada Dhe, agus na seachd reulta; Is aithne dhamh t oibridh, gu bheil ainm agad gu bheil thu beo, agus ata thu marbh.

2 Bi fairail, agus neartaich na nithe a'ta làthair, agus a 'ta ullamh chum bàsachadh: oir cha d' fhuair mi t oibridh coi'-lionta am fia'nais De.

3 Cuimhnich uime sin cionnas a fhuair agus a chuala tu, agus * coimhid *iad*, agus gabh aithreachas. Uime sin mur dean thu faire, thig mi ort mar ghaduiche, agus cha bhi fios agad ciod i an uair ann s an d' thig mi ort.

4 'Ta beagan ainmeanna agad fòs ann Sardis, nach do shalaich an eadach; agus im'ichidh iad maraon riumsa ann an *culaidhibh* geala: oir is † airidh iad.

5 An ti a bheir buaidh, sgeadaichear eisean ann eadach geal; agus cha dubh mi 'mach ainm a leabhar na beatha, ach aidmhichidh mi ainm-sin am fia'nais m'Athar, agus am fia'nais aingle-sin.

6 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è 'n ni a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh.

7 Agus chum aingil na h eaglais a'ta ann am Philadelphia, sgriobh, Na nithe so deir an ti a'ta naomha, an ti a'ta fior, an ti aig am bheil eochair Dhaibhidh, an ti a dh' fhosglas, agus cha dùin neach air bith; agus a dhùineas, agus cha'n fhosgail neach air bith:

8 Is aithne dhamh t oibridh: feuch, chuir mi dorus fosgailte romhad, agus cha'n urradh neach air bith a dhùnadh: oir ata neart beag agad, agus choimhid thu m' fhocal, agus cha d' aichsheun thu m'ainm.

9 Feuch, bheir mise orra-san a'ta do shionagog Shàtain (a deir gur Iudhaich iad fein, agus cha'n eadh, ach tha iad a' deanamh bréige) feuch, bheir mise orra gu'n d' thig iad agus gu'n dean iad adhradh aig do chosaibh, agus gu 'm bi fios aca gur ghràdhaich mise thu.

10 Do bhri' gur choimhid thu focal m' fhoighidin-se, coimhididh mise thusa mar an ceudna o uair a' bhuairidh, a thig air an t saoghal uile, a dhearbhadh na muintir sin a'ta 'n an comhnuidh air an talamh.

11 Feuch, 'taim ag teachd gu grad: dean greim daingean air na bheil agad, chum 's nach glac neach air bith do chrùn.

12 An ti a bheir buaidh, ni mi è 'n a phileir ann an teampull mo Dhe, agus cha d'theid è ni 's mò amach as: agus sgriobhaidh mi ainm mo Dhe air, agus ainm caithreach mo Dhe, *a's i* Ierusalem nuadh, a thig a nuas o neamh o m' Dhia; agus *sgriobhaidh* mi m' ainm nuadh fein *air*.

13 An ti aig am bheil cluas, eisdeadh è creud a deir an Spiorad ris na h eaglaisibh.

14 Agus chum aingil na h eaglais a 'ta ann Laodicea, sgriobh, Na nithe so deir an t Amen, an fhia'nais dhileas agus fhìrinneach, toiseach cruthachaidh Dhe;

15 Is aithne dhamh t oibridh, nach 'eil thu aon chuid fuar no teath: b' fhearr leam gu'm bitheadh tu fuar no teath.

16 Uime sin do bhri' gu bheil thu meagh-bhlà', agus nach 'eil thu aon chuid fuar no teath, sgeithidh mi thu 'mach as mo bheul:

17 Do bhri' gu bheil thu ag radh, Ata mi beartach, agus air fas saibhir, agus gun fheum agam air ni

* cum gu teann. † fiù.

ni fam bith; agus gun fhios agad gu bheil thu ainniſeach, agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd.

18 Comhairlicheam dhuit, òr a cheannach uamſa, air a dhearbhadh ſan teine, chum as gu'm bi thu ſaibhir; agus eadach geal, chum's gu'n comhdaichear thu, agus nach bi * nàire do lom-nochduigh' follaſach; agus ùng do ſhùile le ſàbhſhùl, chum's gur léir dhuit.

19 Mhèud 's a's ionmhuinn leam, cronaicheam agus ſmachdaicheam: uime ſin biodh agadſa teas-ghràdh, agus gabh aithreachas.

20 Fèuch, ata mi a'm' ſheaſamh aig an dorus agus a' bualadh: ma dh' eiſdeas neach ſam bith re m' ghuth, agus gu'm foſgail è 'n dorus, thig mi a ſteach d'a ionnſuidh, agus gabhaidh mi mo ſhuipeir maille ris, agus eiſean maille riumſa.

21 Do'n tì a bhuaidhicheas bheir mi comas ſuidhe maille riumſa air mo righ-chaithir, amhuil fòs a bhuaidhich miſe, agus a ſhuidh mi maille re m' Athair air a righ chaithir-ſin.

22 An ti aig am bheil cluas, eiſdeadh è an ni a deir an Spiorad ris na h eaglaiſibh.

CAIB. IV.

2 *Tha Eoin a' faicſinn righ-chaithir Dhe ann am ſlaitheamhnas.* 4 *Na ceithir ſeanoiridh fichead.* 6 *Na ceithir beathaiche làn do ſhùilibh air am beul-thaobh agus air an cùl-thaobh.* 10 *Tha na ſeanoiridh a' tilgeadh ſios an crùin, agus a' deanamh àdhraidh do'n tì a bha 'n a ſhuidhe air an righ-chaithir.*

ANN diaigh ſo dh' amhairc mi, agus fèuch, *bha* dorus foſgailte air neamh; agus *bha* an ceud ghuth a chuala mi, mar *fhuaim* trompaid a' labhairt rium, ag radh, Thig a nìos ann ſo, agus nochdaidh miſe dhuit nithe a's eigin tachairt ann diaigh ſo.

2 Agus air ball bha mi ſan Spiorad: agus fèuch, bha righ-chaithir air a ſuidheachadh air neamh, agus bha neach 'n a ſhuidhe air a' chaithir.

3 Agus bha an ti a ſhuidh, re amharc air, coſmhuil re cloich Iaſpis, agus Shardis: agus *bha* § boghafrois timchioll na righ-chaithreach mu'n cuart, coſmhuil, r'a fhaicſinn, re Emerald.

4 Agus timchioll na righ-chaithreach mu'n cuart bha ceithir chaithriche fichead; agus air na caithrichibh chunnairc mi ceithir ſeanoiridh fichead 'n an ſuidhe, air an ſgeadachadh ann an culaidhibh geala; agus bha aca air an cinn † corona òir.

5 Agus chuaidh amach as an righ-chaithir dealanaich, agus tairneanaich, agus guthanna: agus *bha* ſeachd ‡ lòchrainn theine a' dearg-laſadh am fia'nais na righ-chaithreach, nithe a's iad ſeachd ſpiorada Dhe.

6 Agus roimh an righ-chaithir *bha* fairge ghloine coſmhuil re crioſtal: agus ann am meadhon na righ-chaithreach, agus mu 'n cuairt do'n righ-chaithir *bha* ceithir bheathaiche làn do ſhùilibh air am beul-thaobh agus air an cùl-thaobh.

7 Agus *bha* an ceud bheathach coſmhuil re leòmhan, agus an dara beathach coſmhuil re laogh, agus bha aig an treas beathach aghaidh mar dhuine, agus bha an ceathramh beathach coſmhuil re iolair ag itealaich.

8 Agus bha aig na ceithir bheathaichibh gach aon aca fa leith ſea ſgiathan mu'n cuart da, agus *bha* iad làn do ſhùilibh 'n taobh a ſtigh; agus ni 'n ſguir iad a là no dh' oidhche, ag radh, Naomha, naomha, naomha, an Tighearna Dia uilechumhachdach, neach a bha, agus a 'ta, agus a bhitheas.

9 Agus

* gràinealachd.

§ bogha uiſge. † crùna. ‡ lampuidh teine.

9 Agus 'n uair a thug na beathaiche fin glòir, agus onoir, agus buidheachas do'n ti a bha 'na fhuidhe air an righ-chaithir, neach a 'ta beo gu faoghal nan faoghal,

10 Thuit na ceithir feanoiridh fichead fios ann làthair an ti a bha 'na fhuidhe air an righ-chaithir, agus rinn iad àdhradh dha-fan a 'ta beo gu faoghal nan faoghal, agus thilg iad fios an * corona ann làthair na righ-chaithreach, ag radh,

11 Is ‖ airidh thufa, a Thighearna, air glòir, agus onoir, agus cumhachd fhaghail: oir chruthaich thu na h uile nithe, agus air fon do thoil-fe 'ta iad, agus chruthaicheadh iad.

CAIB. V.

1 *An leabhar air a fheulachadh le feachd feulaibh,* 9 *a b' airidh amhàin an t Uan a mharbhadh air fhofgladh:* 12 *uime fin ata na feanoiridh a' toirt cliù dha, agus ag aidmheachadh gu'n do fhaor sè iad le fhuil fein.*

AGUS chunnairc mi ann làimh dheis an ti a fhuidh air an righ-chaithir, leabhar fgriobhta fan taobh a ftigh dheth agus air a chul-thaobh, air a fheulachadh le feachd feulaibh.

2 Agus chunnairc mi aingeal treun ag éigheach le guth àrd, Co a's airidh air an leabhar fhofgladh; agus air a fheulacha fhuafgladh?

3 Agus cha raibh aon neach air neamh, no air thalamh, no fuidh 'n talamh comafach air an leabhar fhofgladh, no amharc air.

4 Agus ghuil mi gu mòr, do bhri' nach d' fhuaradh aon neach a b' airidh air an leabhar fhofgladh, agus a leughadh, no amharc air.

5 Agus a dubhairt aon do na feanoiribh rium, Na guil: feuch, bhuaidhich an Leòmhan a 'ta do threibh Iuda, frèumh Dhaibhidh, air an leabhar fhofgladh, agus a fheachd feulacha fhuafgladh.

6 Agus dh' amhairc mi, agus feuch, ann am meadhon na righ-chaithreach, agus nan ceithir bheathaiche, agus ann am meadhon nan feanoiridh, Uan 'na fheafamh mar gu 'm biodh è air a mharbhadh, aig an raibh feachd adharca, agus feachd fùilean, a's iad feachd fpioradа Dhe, a chuireadh amach chum na talmhain uile.

7 Agus thainig è, ag is ghlac è an leabhar a deas làimh an ti a bha 'na fhuidhe air an righ-chaithir.

8 Agus 'nuair a ghlac è 'n leabhar, thuit na ceithir bheathaiche, agus na ceithir feanoiridh fichead fios ann làthair an Uain, agus aig gach aon aca clàrfaichean, agus tùis-fhoithiche òir làn do dheadh bholaibh, nithe a's iad ùrnuighean nan naomh.

9 Agus chan iad caintic nuadh, ag radh, Is airidh thufa air an leabhar a ghlacadh, agus a fheulacha fhofgladh: oir mharbhadh thu, agus fhaor thu finne do Dhia le t fhuil fein, as gach uile threibh, agus theangaidh, agus phobull, agus chinneach;

10 Agus rinn thu righridh dhinn agus fagarta d'ar Dia: agus rioghaichidh finn air an talamh.

11 Agus dh' amhairc mi, agus chuala mi guth mhòrain aingeal timchioll na righ-chaithreach, agus nam beathaiche, agus nan feanoiridh: agus b'è an àireamh deich mile uair deich mile, agus milte do mhiltibh;

12 Ag radh le guth àrd, Is airidh an t Uan a chuaidh mharbhadh, air cumhachd, agus faibhreas, agus gliocas, agus neart, agus onoir, agus glòir, agus moladh fhaghail.

13 Agus chuala mi gach uile chreatuir a'ta air neamh, agus air an talamh, agus fuidh 'n talamh, agus a 'ta air a' chuan, agus na nithe a 'ta

* crùna. ‖ fiu.

'ta annta uile, ag radh, Moladh agus onoir, agus glòir, agus cumhachd *gu raibh* dha-fan a 'ta 'n a fhuidhe air an righ-chaithir, agus do'n Uan gu faoghal nan faoghal.

14 Agus a dubhairt na ceithir bheathaiche, Amen. Agus thuit na ceithir seanoiridh fichead fios, agus rinn iad àdhradh dha-fan a 'ta beo gu faoghal nan faoghal.

C A I B. VI.

Fosgladh nan seulacha ann òrdugh, agus cioù a leun air sin; ann am bheil fàidheadoireachd air a cur fios mu thimchioll nithe gu deireadh an t saoghail.

AGUS chunnairc mi 'n uair a dh' fhosgail an t Uan a h aon do na seulaibh, agus chuala mi, mar fhuaim tairneanaich, a h aon do na ceithir bheathaichibh, ag radh, Thig agus faic.

2 Agus chunnairc mi, agus fèuch, each geal: agus bha aig an ti a fhuidh air, bogha; agus thugadh dha crùn, agus chuaidh è 'mach a bhuadhachadh, agus chum buaidh a thoirt.

3 Agus 'n uair a dh' fhosgail è 'n dara seula, chuala mi an dara beathach ag radh, Thig, agus faic.

4 Agus chuaidh each eile amach *a bha* dearg: agus thugadh *cumhachd* dha-fan a fhuidh air, chum sith a thoirt o'n talamh, ionnas gu'm marbhadh iad a chèile: agus thugadh cloidheamh mòr dha.

5 Agus 'n uair a dh' fhosgail è an treas seula, chuala mi an treas beathach ag radh, Thig, agus faic. Agus dh' amhairc mi, agus fèuch, each dubh, agus bha aig an ti a fhuidh air, * meidh 'n a laimh.

6 Agus chuala mi guth ann am meadhon nan ceithir bheathaiche ag radh, Miosur crui'neachd air ion peghinn, agus tri miosuire eòrna air pheginn; agus na dean cron air an ola, no air an fhion.

7 Agus 'n uair a dh' fhosgail è 'n ceathramh seula, chuala mi guth a' cheathramh beathaich ag radh, Thig, agus faic.

8 Agus dh' amhairc mi, agus fèuch each uaine; agus b'è ainm an ti a fhuidh air, am Bàs, agus Ifrionn † 'n a chuideachd: agus thugadh dhoibhsin cumhachd air a' cheathramh cuid do'n talamh, chum *am* marbhadh le cloidheamh, agus le gorta, agus le bàs, agus le h ainmhidhibh allta na talmhain.

9 Agus 'n uair a dh' fhosgail è an cuigeadh seula, chunnairc mi fuidh n altair, anama na muintir sin a mharbhadh air son focail De, agus air son na fianais a chum iad.

10 Agus ghlaodh iad le guth mòr, ag radh, Cia fhad' a bhitheas, o Thighearna naomha agus fhirinnich, gus an deanthu breitheanas, agus an diol thu ar fuil-ne orra-san a 'ta 'n an comhnuidh air an talamh?

11 Agus thugadh do gach aon aca ròba geala, agus a dubhradh riu, iad a ghabhail fois fòs rè ùine bhig, gus am biodh an co-fheirbhisich mar an ceudna, agus a'm bràithre a rachadh a mharbhadh mar *a chuaidh* iadsan, air an coi'lionadh.

12 Agus dh' amhairc mi 'n uair a dh' fhosgail è an seathadh seula, agus fèuch, bha crith mhòr thalmhain ann, agus dh' fhas a' ghrian dubh mar shaic-eadachròin, agus dh' fhas a' ghealach mar fhuil.

13 Agus thuit reultà neimhe air an talamh, amhuil mar a thilgeas craobh-fhige a figidh an-abaich, 'n uair a chrathar i le gaoith mhòir:

14 Agus chuaidh neamh thairis mar rola leabhair air fhilleadh suas a cheile; agus bha gach uile shliabh agus eilean air an carachadh as an ionadaibh fein:

* fòmhuseachan.

† Fo 4 15 Agus

† an t-ifrionn.

15 Agus dh' fholaich righridh na talmhain, agus na daoine mòra, agus na daoine saidhbhre, agus na h àrd-chaiptine, agus na daoine cumhachdach, agus gach seirbhiseach, agus gach duine saor, iad fein ann uamhaibh, agus creagaibh nam beann;

16 Agus a dubhairt iad ris na sleibhtibh agus ris na creagaibh, Tuitibh oirnne, agus folaichibh sinn o ghnùis an ti a 'ta 'na shuidhe air a' chaithir-rioghail, agus o fheirg an Uain:

17 Oir thainig là mòr fheirgesin; agus co a dh' fheudas seasamh?

CAIB. VII.

3 *Ta aingeal ag cur seula air seirbhisich Dhe 'nan eudanaibh.* 4 *Aireamh na muintir a sheulaicheadh: do threibhibh Israeil sa leith àireamh shonraichte,* 9 *do gach cinneach eile cuideachd mhòr gun àireamh, a 'ta 'nan seasamh ann làthair na righ-chaithreach, air an sgeadachadh ann ròbaibh geala, agus pailm 'nan làmhaibh:* 14 *chuaidh 'n eudach a nigheadh ann am fuil an Uain.*

AGUS ann diaigh nan nithe sin chunnairc mi ceithir aingil 'nan seasamh air ceithir oisinibh na talmhain, ag cumail ceithir gaothanna na talmhain, chum nach seideadh a' ghaoth air an talamh, no air an fhairge, no air aon chraoibh.

2 Agus chunnairc mi aingeal eile ag eirigh o'n àird an ear, agus ghlaodh è le guth mòr ris na ceithir aingil, d'an d' thugadh *cumhachd* gu cron a dheanamh air an talamh agus air an fhairge,

3 Ag radh, Na deanaibh dochoir do 'n talamh, no do'n fhairge, no do na craobhaibh, gus an cuir sinn seula air seirbhisich ar De-ne air clàr an eudain.

4 Agus chuala mi àireamh na droinge a sheulaicheadh: agus sheulaicheadh ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, do uile threibhibh chloinn Israeil.

5 Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Iuda. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Reuben. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Ghad.

6 Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Aser. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Nephtalim. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Mhanasses.

7 Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Shimeon. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Lebhi. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Isachair.

8 Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Shabuloin. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Ioseph. Sheulaicheadh dà-mhile-dheug do threibh Bheniamin.

9 Ann diaigh so dh' amhairc mi, agus seuch, sluagh mòr, nach raibh neach sam bith comasach air àireamh, do gach uile chinneach, agus threibhibh, agus phoiblecheachaibh, agus theangaibh, 'nan seasamh ann làthair na righ-chaithreach, agus ann làthair an Uain, air an sgeadachadh le ròbaibh geala, agus pailm aca 'nan làmhaibh;

10 Agus ghlaodh iad le guth àrd, ag radh, Slàinte d'ar Dia-ne a 'ta 'na shuidhe air an righ-chaithir, agus do'n Uan.

11 Agus sheas na h aingil uile timchioll na righ-chaithreach, agus nan seanoiridh, agus nan ceithir bheathaiche, agus thuit iad air an aghaidh ann làthair na righ-chaithreach, agus rinn iad àdhradh do Dhia,

12 Ag radh, Amen: Moladh, agus glòir, agus gliocas, agus buidheachas,

buidheachas, agus onoir, agus cumhachd, agus neart *gu raibh* d'ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal. Amen.

13 Agus fhreagair a h aon do na seanoiribh, ag radh rium, Co iad sin a 'ta air an sgeadachadh le ròbaibh geala? agus cia as a thainig iad?

14 Agus a dubhairt mi ris, A Thighearna, 'ta fhios agadsa. Agus a dubhairt è rium, 'S iad so iadsan a thainig a triobloid mhòir, agus nigh iad an ròba, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.

15 Uime sin ata siad ann làthair righ-chaithreach Dhe, agus a' deanamh àdhraidh dha a là agus a dh' oidhche ann a theampull: agus ni an ti a 'ta 'na shuidhe air an righ-chaithir comhnuidh 'n am measg.

16 Cha bhi ocras orra tuilleadh, no tart ni's mò, cha mhò * luidheas a' ghrian orra, no teas air bith.

17 Oir beathaichidh 'n t Uan a 'ta 'm meadhon na righ-chaithreach iad, agus treòraichidh sè iad gu tobraichibh do uisge na beatha: agus tiormaichidh Dia gach uile dheur o'n sùilibh.

CAIB. VIII.

1 *'Nuair a dh' fhosgladh an seachdmha' seula,* 2 *tha seachd trompaide air an tabhairt do sheachd ainglibh:* 3 *Ata aingeal eile a' cur tùis maille re ùrnuighibh nan naomh air an altair òir.* 6 *Ata ceithir dhiubh a' feideadh an trompaide, agus plàigheanna mòra a' leantuin ann lorg sin.*

AGUS 'n uair a dh' fhosgail è an seachdmha' seula, bha tosd air neamh mu thimchioll leithuair'.

2 Agus chunnairc mi na seachd aingil a sheas am fia'nais De; agus thugadh dhoibhsin seachd trompaide.

3 Agus thainig aingeal eile, agus sheas è aig an altair, agus tùisear òir aige; agus thugadh dha mòran tùise, chum † gu'n d' thugadh è suas è maille re ùrnuighibh nan uile naomh air an altair òir, a bha 'n làthair na righ-chaithreach.

4 Agus chuaidh deatach na tùise suas maille re ùrnuighibh nan naomh, o làimh an aingil, ann làthair Dhe.

5 Agus ghlac an t aingeal an tùisear, agus lion sè è le teine na h altair, agus thilg è air an talamh è: agus bha guthanna, agus tairneanaich, agus dealanaich, agus crith-thalmhain ann.

6 Agus dh' ull'uich na seachd aingil aig an raibh na seachd trompaidean iad fein, chum an fèideadh.

7 Agus shéid an ceud aingeal, agus bha clocha-meallain ann, agus teine air an coi'-measgadh le fuil, agus thilgeadh air an talamh iad; agus loisgeadh an treas cuid do na craobhaibh, agus loisgeadh am feur glas uile.

8 Agus shéid an dara aingeal, agus thilgeadh mar gu'm bu shliabh mòr a' losgadh le teine ann san fhairge; agus dh' fhàs an treas cuid do'n fhairge 'na fuil:

9 Agus fhuair an treas cuid do na creatuiribh a bha ann san fhairge, aig an raibh anam, bàs; agus ‡ mhilleadh an treas cuid do na lòngaibh.

10 Agus shéid an treas aingeal, agus thuit reult mhòr o neamh, a' dearg-lasadh mar lòchrann, agus thuit i air an treas cuid do na h aimhnibh, agus air na tobraichibh uisge:

11 Agus is è an t ainm a ghoir'ear do'n reult Burmaid: agus § chinn an treas cuid do na h uisgibh 'n am burmaid; agus fhuair mòran dhaoine bàs leis na h uisgibh, do bhri'

* loisgeas a' ghrian iad. † gu'n ofraileadh sè è. ‡ sgrìosadh. § dh'fhàs.

bhri' gu'n d'rinneadh ſearbh iad.

12 Agus ſhéid an ceathramh aingeal agus bhuaileadh an treas cuid do 'n ghréin, agus an treas cuid do 'n ghealaich, agus an treas cuid do na reultaibh; ionnas gu'n d' rinneadh an treas cuid diubh dorcha, agus cha do dhealraich an là rè an treas cuid dheth, no an oidhche mar an ceudna.

13 Agus dh'amhairc mi, agus chuala mi aingeal ag itealaich ann am meadhon nèimh', ag radh le guth ard, ſs truagh, truagh, truagh, do luchd aiteachadh na talmhain, air ſon guthanna eile trompaid nan tri aingeal a'ta fòs gu ſeideadh.

CAIB IX

1 *Aig ſéideadh do'n chùigeadh aingeal, tha reult a' tuiteam o neamh d'am bheil eochair ſluichd an dubh aigein air a tabhairt: 2 ata è fosgladh an t ſluichd, agus ata locuiſt coſmhuil re ſcorpionaibh a' teachd amach. 12 Ata cheud truaighe air dol thairis. 13 Ata an ſeathadh trompaid air a séideadh 14 Tha ceithir aingil a bha ceangailte, air am fuasgladh.*

AGUS ſhéid an cùigeadh aingeal a thrompaid, agus chunnairc mi reult a' tuiteam o neamh chum na talmhain: agus thugadh dha eochair * ſluichd an dubh-aigein.

2 Agus dh fhoſgail è ſlochd an dubh-aigein, agus dh' eirich deatach as an t ſlochd, mar dheatach amhuinn mhòir *theintich*; agus inneadh a' ghrian agus an t aidhear dorcha, le deatach an t ſluichd.

3 Agus thainig amach as an deataich air an talamh locuiſt; agus thugadh cumhachd dhoibh do reir mar a tha cumhachd aig ſcorpionaibh na talmhain.

4 Agus a dubhradh riu gun iad a dheanamh † dochoir air feur na talmhain, no air ni ſam bith gorm, no air craoibh ſam bith, ach air na daoinibh ſin amhain aig nach 'eil ſeula Dhe air clar an eudain

5 Agus thugadh dhoibh gun iad 'g am marbhadh, ach gu'm biodh iad air am pianadh rè chùig mìoſa: agus *bha* am pian coſmhuil re péin ſcorpioin, 'n uair a bhuailéas è duine

6 Agus ann ſna laithibh ſin iarraidh daoine am bàs, agus cha'n ajmis iad air; agus bithidh deidh aca air bàſachadh, agus teichidh am bas uatha.

7 Agus *bha* cruth nan locuiſt coſmhuil re h eich air an ull'uchadh chum catha; agus *bha* air an cinn mar gu'm biodh crùin coſmhuil re h òr, agus *bha* an aghaidh coſmhuil re aghaidh dhaoine.

8 Agus bha folt orra coſmhuil re folt bhan, agus bha am fiacla mar *fhiacla* leòmhan.

9 Agus bha aca uchd-eadaichean, mar uchd-eadaichean iaruinn; agus *bha* fuaim an ſgiathan mar fhuaim charbada mhorain each a' ruidh chum catha.

10 Agus bha earbuill aca coſmhuil re ſcorpionaibh, agus bha gathanna 'n an earblaibh: agus *b'è* an cumhachd daoine a chiurradh rè chùig mìoſa.

11 Agus bha righ aca os an ceann, *eadhon* aingeal ſluichd an dubh-aigein, agus *sè 's* ainm dha ſan Eabhrais Abaddon, ach ann ſa Ghréigis *'sè 's* ainm dha Apollion.

12 Chuaidh aon truaighe thairis; fèuch, tha dà thruaighe re teachd fòs ann diaigh ſo.

13 Agus ſhéid an ſeathadh aingeal a thrompaid, agus chuala mi guth o cheithir adharcaibh na h altair òir, a'ta 'm fia'nais De,

14 Ag radh ris an t ſeathadh aingeal aig an raibh an trompaid, Fuaſgail

* an t ſluichd gun aigeal. † cron.

Fuasgail na ceithir aingil a 'ta ceangailte aig an amhain mhoir Euphrates.

15 Agus dh' fhuasgladh na ceithir aingil, a bha air an ull'uchadh fa chomhair uair, agus là, agus mìos, agus bliadhna, chum gu'm marbhadh iad an treas cuid do dhaoinibh.

16 Agus *b'è* àireamh armailte a' mharc-fhluaigh dà cheud mìle do mhiltibh: agus chuala mi an àireamh.

17 Agus mar so chunnairc mi na h eich ann san taisbeanadh, agus an droing a fhuidh orra, aig an raibh uchd-eadaichean do theine, agus do hiacint, agus do phronnusc: agus *bha* cinn nan each mar chinn leòmhan; agus as am beoil thainig amach teine, agus deatach, agus pronnusc.

18 Leis na tri *plàighibh* so mharbhadh an treas cuid do dhaoinibh, leis an teine, agus leis an deataich, agus leis a' phronnusc, a chuaidh amach as am beoil-sin.

19 Oir tha an cumhachda 'n am beul, agus 'n an earlaibh: oir *bha* an earbuill cosmhuil re naithrichibh nimhe, agus cinn orra, leis an dean iad dochoir.

20 Agus cha do ghabh a' chuid eile do na daoinibh nach do mharbhadh leis na plàighibh sin, aithreachas do oibribh an làmh, sonnas nach deanadh iad àdhradh do dheamhnaibh, agus do iodholaibh dir agus airgid, agus praise, agus cloiche, agus fiodha: nach urradh faicsinn, no cluinntinn, no im'eachd:

21 Agus ni mò ghabh iad aithreachas d'am mortaibh, no d'am buitseachd, no d'an strìopachas, no d' an gadachdaibh

CAIB. X.

1 *Tha è faicsinn aingil thréin aig an raibh leabhar fosgailte 'na làimh: 6 reach a 'ta toirt mionnan air-sin a 'ta beo gu siorruidh, nach bi àm ni 's mò ann: 9 tha àithn' air a toirt do Eoin an leabhar a ghabhail agus itheadh.*

AGUS chunnaic mi aingeal cumhachdach eile a' teachd anuas o neamh, air a sgeadachadh le nèul, agus * bogha-frois air a cheann, agus *bha* aghaidh mar a' ghrian, agus a chosa mar phileiribh teine.

2 Agus bha aige 'n a làimh leabhran beag fosgailte: agus chuir è a chos dheas air an fhairge, agus *a chos* chli air an talamh,

3 Agus † ghlaodh è le guth àrd, mar a bheuchdas leòmhan: agus 'n uair a ghlaodh è, labhair seachd tairneanaich an guthanna fein.

4 Agus 'n uair a labhair na tairneanaich an guthanna fein, bha mi dol a sgriobhadh: agus chuala mi guth o neamh, ag radh rium, Seulaich na nithe a labhair na seachd tairneanaich, agus na sgriobh iad.

5 Agus thog an t aingeal a chunnairc mi 'n a sheasamh air a' mhuir, agus air an talamh, a làmh gu neamh,

6 Agus mhionnaich è air-sin a 'ta beo gu taoghal nan saoghal, a chruthaich neamh agus na nithe a'ta ann, agus an talamh agus na nithe 'ta ann, agus an fhairge agus na nithe 'ta innte, Nach bi aimsir ann ni's mò;

7 Ach ann an laithibh gutha an t seachdmhadh aingil, 'n uair a thòisaicheas è air séideadh, gu'm biodh rùn-d'omhair Dhe air a chriochnachadh, mar a dh' innis è d'a sheirbhisich na saidhean.

8 Agus labhair an guth a chuala mi o neamh, rium a-ris, agus a dubhairt è, Im'ich, *agus* glac an leabhran a 'ta fosgailt' ann làimh an

* bogh'-nisge. † dh' éigh.

an aingil a'ta 'na fheasamh air an fhairge, agus air an talamh.

9 Agus chuaidh mi dh'ionnsuidh an aingil, agus a dubhairt mi ris, Thoir dhamh-sa an leabhran: agus a deir eisean rium, Glac, agus ith suas è; agus ni è do bhroinn searbh, ach bithidh è ann do bheul milis mar mhil.

10 Agus ghlac mi an leabhran a làimh an aingil, agus dh' ith mi suas e; agus bha è ann mo bheul milis mar mhil: agus 'n uair a dh' ith mi è, rinneadh mo bhrù searbh.

11 Agus a dubhairt sè rium, Is eigin duit a-ris fàidheadoireachd a dheanamh ann làthair mhòrain phoibleacha, agus chinneach, agus theanga, agus righridh.

CAIB. XI.

3 *Thà an dà fhia'nais a' deanamh fàidheadoireachd: 6 tha cumhachd aca neamh a dhruideadh, ionnas nach bi feurthuinn ann: 7 ni am béist cogadh 'n an aghaidh, agus marbhaidh sè iad:* 8 *agus luidhidh iad gun an adhlac,* 11 *agus ann diaigh thri làith' agus leith là tha iad ag eirigh a-ris.* 14 *Tha 'n dara truaighe air dol thairis.* 15 *Tha an seachdmha' trompaid air a séideadh.*

AGUS thugadh dhamh-fa cuilc cosmhuil re slait: agus sheas an t aingeal, ag radh, Eirich, agus tomhais teampull Dhe, agus an altair, agus an droing a 'ta deanamh àdhraidh ann.

2 Ach fàg amach a' chùirt a 'ta 'n taobh a muigh do'n teampull, agus na tomhais i; oir thugadh i do na Cinnich: agus saltraidh iad fuidh 'n cosaibh a' chaithir naomha rè dhà mhios agus dhà fhichead.

3 Agus bheir mise *cumhachd* do m' dhias fhia'naibh, agus ni iad fàidheadoireachd rè mile agus dà cheud agus tri fichead làith', eadaichte ann saic-eadach.

4 Is iad so an dà chrann-ola, agus an dà choinnleir a 'ta 'n an seasamh ann làthair Dhe na talmhain.

5 Agus ma chiurras neach air bith iad, theid teine amach as am beul, agus cloidhidh sè 'n naimhde: agus ma chiurras neach air bith iad, 's eigin da bhi air a mharbhadh mar so.

6 Tha cumhachd aca so neamh a dhùnadh ionnas nach bi uisge ann, ann laithibh am fàidheadoireachd-san: agus tha cumhachd aca air uisgeachaibh chum an tionndadh gu fuil, agus an talamh a bhualadh leis an uile phlàigh, co'-minic 's is toil leo.

7 Agus 'n uair a chriochnaicheas iad am fia'nais, ni * am' béist a dh' eir'eas as an t sloch gun † aigeal, cogadh 'n an aghaidh, agus bheir è buaidh orra, agus marbhaidh sè iad.

8 Agus *bithidh* an cuirp mharbha *'n an luidhe* ann fràid na caithreacha mòire, d'an goir'ear gu spioradailte Sodom agus an Eiphit, far mar an ceudna an do cheusadh ar Tighearna.

9 Agus chi iadsan do na poibleachaibh, agus do threibhibh, agus do theangaibh, agus do chinneachaibh, an cuirp mharbha-san, rè thri làith' gu leith, agus cha leig iad an cuirp mharbha-san a chur ann uaighibh

10 Agus ni luchd àiteachadh na talmhain gairdeachas os an ceann, agus bithidh iad subhach, agus cuiridh iad ‡ tiodhlacaidh dh' ionnsuidh a chéile; do bhri' gu'n do phian an dà fhàidh so an droing a bha chomhnuidh air an talamh.

11 Agus ann diaigh thri làith' gu leith, chuaidh Spiorad na beatha o Dhia a steach annta, agus sheas iad air an cosaibh, agus thuit eagal mòr orra-san a chunnairc iad.

12 Agus

* an t ainmhidh. † ghrùnnd. ‡ gibhte.

12 Agus chual' iad guth mòr o neamh, ag radh riu, Thigibh a nìos ann so. Agus chuaidh iad suas do neamh air nèul, agus chunnairc an naimhde iad.

13 Agus ann san uair sin sein bha crith mhòr thalmhain ann, agus thuit an deicheamh cuid do'n chaithir, agus mharbhadh seachd mìle pearsa sa chrith thalmhain: agus ghabh a' chuid eile eagal, agus thug iad glòir do Dhia nèimhe.

14 Chuaidh an dara truaighe thairis; feuch, thig an treas truaighe gu h aith-ghearr'.

15 Agus sheid an seachdmhadh aingeal a thrompaid, agus bha guthanna mòra air neamh, ag radh, Rinneadh rioghachda an t saoghail do 'nan rioghachdaibh d'ar Tighearna, agus d'a Chriosd-san, agus bithidh è 'na Righ gu saoghal nan saoghal.

16 Agus thuit na ceithir seanoiridh fichead a bha 'nan suidhe air an caithrichibh am fia'nais De, sios air an aghaidh, agus rinn ad àdhradh do Dhia,

17 Ag radh, Bheireamaid buidheachas duitse, O Thighearna Dhe uile-chumhachdaich, a'ta, agus a bha, agus a bhitheas; air son gur ghabh thu do chumhachd mòr t' ionnsuidh, agus gu'n do rioghaich thu.

18 Agus bha fearg air na cinnich, agus thainig t fhearg-sa, agus àm nam marbh gu 'n d' thugadh breith orra, agus gu 'n dh' thugadh tuse duais do d' sheirbhisich na faidhean, agus do na naoimh, agus dhoibhsin air am bheil eagal t ainme, do na big agus do na mòir, agus gu sgriosadh gu iadsan a † sgriosas an talamh.

19 Agus dh' fhosgladh teampull De air neamh, agus chunncas ann a theampull àirc a' chùmhnaint: agus bha dealanaich, agus guthanna, agus tairneanaich, agus crith-thalmhain, agus clocha-meallain mòra ann.

CAIB. XII.

1 *Tha bean a bha sgeadaichte leis a' ghréin re saothair-cloinne:* 4 *'Ta 'n dragon mòr dearg 'na sheasamh fa comhair, ullamh gus a leanabh a shlugadh suas.* 6 *'Nuair a dh' aiseadadh i, theich i do'n fhàsach.* 7 *'Ta Michael agus aingil a' cogadh 'n aghaidh an dragoin.* 13 *Tha an dragon, taireis a thilgeadh sios air an talamh, a' dian-ruagadh na mnà.*

AGUS chunncas iongantas mòr air neamh, bean air a sgeadachadh leis a' ghréin, agus a' ghealach fuidh a cosaibh, agus air a ceann crùn do dhà-reult-dheug.

2 Agus air dh'i bhi torrach, ghlaodh i, re saothair-chloinne, agus bha i air a pianadh chum a h aisead.

3 Agus chunncas iongantas eile air neamh, agus feuch, dragon mòr dearg, aig an raibh seachd cinn, agus deich adharca, agus air a chinn seachd crùin.

4 Agus tharruing earball an treas cuid do reultaibh nèimhe, agus thilg sè iad chum na talmhain: agus sheas an dragon fa chomhair na mnà a bha ullamh gu bhi air a h aisead, chum a leanabh a shlugadh suas 'n uair a bheireadh i è.

5 Agus rug si leanabh mic, a bha gus na cinnich uile a riaghladh le slait iaruinn: agus thogadh a leanabh suas chum Dhe, agus *chum* a righ-chaithreach-san.

6 Agus theich a' bhean do'n fhàsach, far am bheil aice ionad air ull'uchadh dh'i le Dia, chum gu'm biodh i air a beathachadh ann sin rè mìle *agus* dà cheud *agus* tri fichead làith'.

7 Agus bha cogadh air neamh; rinn Michael agus aingil cogadh ann

* bhaile. † thruailleas.

ann aghaidh an dragoin, agus chog an dragon agus aingil fein ;

8 Agus nior thug ſiad buaidh, ni mò a fhuaradh an àite-ſin ni 's mò air neamh.

9 Agus thilgeadh amach an dragon mòr, an t ſean naithir ſin, d'an goir'ear an diabhol agus Sàtan, a'ta mealladh an t ſaoghail uile: thilgeadh amach è chum na talmhain, agus thilgeadh amach aingil maille ris.

10 Agus chuala mi guth mòr ag radh air neamh, 'Noiſe 'ta ſlàinte agus neart, agus rioghachd ar De-ne, agus cumhachd a Chrioſd air teachd ; oir thilgeadh ſios fear-caſaid ar bràithre, a bha 'g an caſaid ann làthair ar De-ne a là agus a dh' oidhche.

11 Agus thug iad buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fia'nais-ſin ; agus cha do ghràdhaich iad an anama fein gu bàs.

12 Uime ſin biodh gàirdeachas oirbh, O a neamha, agus oirbhs' a'ta 'n ar comhnuidh annta. An-aoibhinn do luchd-àiteachaidh na talmhain, agus na fairge: oir thainig an diabhol a nuas d'ar ionnſuidh, agus fearg ro-mhòr air, do bhri' gur fioſrach è nach 'eil aige ach ùine ghaoraid.

13 Agus 'n uair a chunnairc an dragon gur thilgeadh è chum na talmhain, rinn è geur-leanmhuin air a' mhnaoi a rug an *leanabh* mic.

14 Agus do'n mhnaoi thugadh dà ſgéith iolaire mòir, chum gu'n rachadh i air itealaich leo do'n fhàſach, chum a h ionad fein : far am bheil i air a h altrum rè * aimſir, agus aimſire, agus leith-aimſir, o aghaidh na naithreach.

15 Agus thilg an naithir as a beul uiſge mar thuil, ann diaigh na mnà ; chum gu'n d' thugadh i uirre bhi air a † giùlan air falbh leis an t ſruth.

16 Agus rinn an talamh congnamh ris a' mhnaoi, agus dh' fhoſgail an talamh a bheul, agus ſhluig è ſuas an tuil a thilg an dragon as a bheul.

17 Agus bha fearg air an dragon ris a' mhnaoi, agus chuaidh è dheanamh cogaidh ris a' chuid eile d'a ſliochd, a'ta coimhead àitheanta Dhe, agus aig am bheil fia'nais Ioſa Crioſd.

CAIB. XIII.

1 *'Ta béiſt ag eirigh as an fhairge le ſeachd cinn agus deich adharca ; dha-ſan tha an dragon a' toirt a chumhachd.* 11 *Tha béiſt eile a' teachd a nìos as an talamh ;* 14 *agus a' toirt fainear iomhaigh bhi air a deanamh do'n cheud bhéiſt,* 15 *agus gu'n deanadh daoine àdhradh dh'i,* 16 *agus gu'n gabhadh iad a chomhartha.*

AGUS ſheas mi air gaineamh na fairge, agus chunnairc mi béiſt ag eirigh ſuas as an fhairge, aig an raibh ſeachd cinn, agus deich adharca, agus air adharcaibh deich crùin, agus air a chinn ainm blaiſpheime.

2 Agus bu choſmhuil am béiſt a chunnairc mi re leopard, agus bha a choſa mar *choſaibh* math-ghamhna, agus a bheul mar bheul leòmhain: agus thug an dragon a neart, agus a chaithir, agus cumhachd mòr dha.

3 Agus chunnairc mi a h aon d'a cheannaibh mar gu m biodh è air a lotadh gu bas ; agus leighi eadh a chneadh bhàſmhor agus ghaoh an talamh uile iongantas ann diaigh a' bhéiſt.

4 Agus rinn iad adhradh do'n dragon a thug a chumhachd do'n bhéiſt : agus rinn iad àdhradh do'n bhéiſt, ag radh, Co a'ta coſmhuil ris a' bheiſt ? Co a'ta comaſach air cog a cheanamh 'n a aghaidh ?

5 Agus thugadh dha beul a' labhairt

* àm, agus amanna, agus leith-àm.

† ſuadachadh.

bhairt nithe mòra, agus blaisphèime;
agus thugadh cumhachd dha co-
gadh a dheanamh rè dhà mhìos a-
gus dà fhichead.

6 Agus dh' fhosgail è bheul ann am blaisphem' ann aghaidh Dhe, chum toibheum a thoirt d'a ainm, agus d'a thabernacal, agus do'n dream a'ta 'nan comhnuidh air neamh.

7 Agus thugadh dha cogadh dheanamh ann aghaidh nan naomh, agus buaidh a thoirt orra: agus thugadh dha cumhachd os ceann gach uile threibh, agus theangaidh, agus chinnich.

8 Agus ni iadsan uile a'ta 'nan comhnuidh air an talamh àdhradh dha, muintir nach 'eil an ainmeanna sgriobhta ann leabhar beatha an Uain, a mharbhadh o thoiseach an t saoghail.

9 Ma 'ta cluas aig neach air bith, eisdeadh è.

10 An ti a bheir ann am braighdeanas, theid è am braighdeanas: an ti a mharbhas leis a' chloidheamh, 's eigin è fein bhi air a mharbhadh leis a' chloidheamh. Is ann an so ata foighidin agus creidimh nan naomh.

11 Agus chunnairc mi béist eile ag eirigh as an talamh, agus bha aige dà adhairc cosmhuil re uan, agus labhair è mar dhragon.

12 Agus ata è ag cur ann gniomh cumhachd a' cheud bhéist uile 'n a fhia'nais, agus ata è toirt air an talamh, agus orra-san a'ta 'nan comhnuidh ann, àdhradh dheanamh do'n cheud bhéist, aig an raibh a lot bàsmhor air a leigheas.

13 Agus ata è a' deanamh comhartha mòra, ionnas gu bheil è toirt air teine teachd a nuas o neamh air an talamh, ann am fia'nais dhaoine.

14 Agus ata è a' mealladh na droinge a'ta 'nan comhnuidh air an talamh, leis na comharthaibh sin a thugadh dha a dheanamh ann làthair a' bhéist, ag radh re luchd-àiteachaidh na talmhain, iomhaigh a dheanamh do'n bhéist aig an raibh an lot cloidheimh, agus a bha beo.

15 Agus bha cumhachd aige beatha a thoirt do iomhaigh a' bhéist, ionnas gu'n labhradh iomhaigh a' bhéist, agus fòs gu'n d' thugadh è fainear gu'm biodh a mhèud's nach deanadh àdhradh do iomhaigh a' bhéist, air àm marbhadh.

16 Agus tha è toirt fainear gu'n gabh na h uile *dhaoine*, araon beag agus mòr, saibhir agus bochd, saor agus daor, comharth' air an làimh dheis, no air clàr an eudain.

17 Agus nach feudadh neach sam bith ceannach' no reic', ach eisean aig am biodh an comhartha, no ainm a' bhéist, no àireamh ainme.

18 Ann so 'ta gliocas. An ti aig am bheil tuigse, cùnntadh è àireamh a' bhéist: oir is àireamh duine è; agus is è àireamh sea ceud agus tri fichead agus sea.

CAIB. XIV.

1 *An t Uan 'n a sheasamh air sliabh Shioin maille r'a chuideachd.* 6 *Ata aingeal a' searmonachadh an t soisgeil.* 8 *Tuiteam Bhabiloin.* 15 *Foghnihar an t saoghail, agus cur a' chorrain ann.* 20 *Foghmhar agus preas-fiona feirge Dhe.*

AGUS dh' amhairc mi, agus feuch, Uan 'n a sheasamh air sliabh Shioin, agus maille ris ceud agus dà fhichead agus ceithir mile, aig an raibh ainm Athar-san sgriobht' ann clàr an eudain.

2 Agus chuala mi guth o fhlaitheanas, mar fhuaim mhòrain uisgeacha, agus mar fhuaim tairneanaich mhòir: agus chuala mi fuaim chlàrsoirean, a' deanamh ciuil le'n clàrsaichibh fein.

3 Agus chan iad mar gu'm b' òran nuadh è ann làthair na righ-chaithreach, agus ann làthair nan ceithir bheathaiche, agus nan seanoiridh: agus cha b' urradh neach sam bith an t òran sin fhòghlum, ach an ceud *agus* an dà fhichead *agus* na ceithir mìle, a shaoradh o'n talamh.

4 Is iad so an dream nach do shalchadh le mnaibh; oir is òighean iad: is iad so an dream a'ta leantuin an Uain ge b'è àite an d'theid è: shaoradh iad so o mheasg dhaoine, 'n an ceud thoradh do Dhia, agus do'n Uan.

5 Agus 'n am beul cha d' fhuaradh cealg: oir ata iad gun chron ann làthair righ-chaithir Dhe.

6 Agus chunnairc mi aingeal eile ag itealaich ann am meadhon nèimh'; aig an raibh an soisgeul siorruidh r'a shearmonachadh dhoibhsin a 'ta 'n an comhnuidh air an talamh, agus do gach uile chinneach, agus threibh, agus theangaidh, agus phobull;

7 Ag radh le guth àrd, Biodh eagal De oirbh, agus thugaibh glòir dha, oir thainig uair a bhreitheanais: agus deanaibh àdhradh dha-san a rinn neamh agus talamh, agus an fhairge, agus na tobair uisge.

8 Agus lean aingeal eile, ag radh, Thuit, thuit Babilon, a' chaithir mhòr sin, do bhri' gu'n d' thug si air gach uile chinneach òl do fhion feirge a strìopachais.

9 Agus lean an treas aingeal iad, ag radh le guth àrd, Ma ni neach air bith àdhradh do'n bhéist, agus d'a iomhaigh, agus ma ghabhas è a chomharth' air clàr endain, no air a làimh,

10 Olaidh eisean do fhion feirge Dhe, a 'ta air a dhòrtadh gun mheasgadh, ann an cupan fheirgesin; agus bithidh è air a phianadh le teine agus pronnusc, am fia'nais nan aingeal naomha, agus am fia'nais an Uain.

11 Agus bithidh deatach am péine-sin ag eirigh suas gu saoghal nan saoghal: agus ni 'm bheil aca fois sam bith a là no dh'oidhche, a ni àdhradh do'n bhéist agus d'a iomhaigh, agus ge b'è neach a ghabhas comharth' ainme-sin.

12 Ann so 'ta foighidin nan naomh: Ann so 'ta 'n dream a choimheadas àitheanta Dhe, agus creidimh Iosa.

13 Agus chuala mi guth o neamh, ag radh rium, Sgriobh, 'S beannuichte na mairbh a 'ta faghail bàis san Tighearna, a so amach: seadh, a deir an Spiorad, chum's gu fuigh iad fois o'n saothair; agus leanaidh an oibridh iad.

14 Agus dh' amhairc mi, agus feuch, nèul geal, agus air an nèul *neach* 'na shuidhe cosmhuil re Mac an duine, aig an raibh crùn òir air a cheann, agus corran geur 'n a làimh.

15 Agus thainig aingeal eil' amach as an teampull, a' glaodhaich le guth àrd ris an ti a bha 'na shuidhe air an nèul, Sath a steach do chorran, agus buain: oir thainig àm dhuit buain; ata foghmhar na talmhain abaich.

16 Agus shath an ti a bha 'n a shuidhe air an nèul, a chorran san talamh; agus bhuaineadh an talamh.

17 Agus thainig aingeal eil' amach as an teampull a'ta air neamh, agus corran geur aige-sin mar an ceudna.

18 Agus thainig aingeal eil' amach o'n altair, aig an raibh cumhachd os ceann teine, agus ghlaodh è le glaodh àrd ris an ti aig an raibh an corran geur, ag radh, Sath a steach do chorran geur, agus cnuasaich * triopuill fìneamhuin na talmhain; oir ata a fion-dhearcan làn-abaich.

19 Agus shath an t aingeal a chorran

* baguide.

chorran ſan talamh, agus chnuaſaich ſ ſìneamhuin na talmhain, agus thilg è i ann am fion-amar mòr feirge Dhe

20 Agus ſhaltradh am fion-amar ann taobh a muigh do'n chaithir, agus thainig fuil amach as an fhion-amar, gu ſréin nan each, feadh mhìle *agus* ſhea ceud ſtàide*.

CAIB. XV.

1 *Na ſeachd aingil leis na ſeachd plàighibh deireannach.* 3 *Oran na muintir a bhuaidheachas air a' bhéiſt.* 7 *Na ſeachd ſoithiche làn do fheirg Dhe.*

AGUS chunnairc mi comharth' eil' air neamh, mòr agus iongantach, ſeachd aingil aig an raibh na ſeachd plàighe deireannach, oir annta ſo 'ta fearg Dhe air a coi'-lionadh.

2 Agus chunnairc mi mar gu'm b' fhairge ghloine, air a meaſgadh le teine; agus an droing a thug buaidh air a' bhéiſt, agus air iomhaigh, agus air a chomhartha, *agus* air àireamh ainme, 'n an ſeaſamh air an fhairge ghloine, agus clàrſaiche Dhe aca.

3 Agus ata iad a cantuinn òrain Mhaois ſheirbhiſich Dhe, agus òrain an Uain, ag radh, Is mòr, agus is iongantach t oibridh, a Thighearna Dhe uile-chumhachdaich; *is* ceart agus *is* fior do ſhlighidh-ſe, a Righ nan naomh.

4 Co air nach biodh eagal romhad-ſa, O Thighearna, agus nach d' thugadh glòir do t ainm? oir *is tuſa* amhàin *a'ta* naomha: oir thig na h uile chinnich, agus ni iad àdhradh ann do làthair: do bhri' gu bheil do bhreitheanais air an deanamh follaſach.

5 Agus ann diaigh ſo dh' amhairc mi, agus fèuch, dh' fhoſgladh teampull tabernacail na fia'nais air neamh.

6 Agus thainig amach as an teampull na ſeachd aingil, aig an raibh na ſeachd plàighe, air an ſgeadachadh le lion-eadach glan agus dealrach, agus air an crioſrachadh mu'n uchd le crioſaibh òir.

7 Agus thug a h aon do na ceithir bheathaichibh ſeachd ſoithiche òir do na ſeachd aingil, làn do fheirg an De, a 'ta beo gu ſaoghal nan ſaoghal.

8 Agus lionadh an teampull le deataich o ghlòir Dhe, agus o chumhachd-ſan; agus cha b' urradh neach ſam bith dol a ſtigh do'n teampull, gus am biodh ſeachd plàighean nan ſeachd aingeal air an coi'-lionadh.

CAIB. XVI.

1 *Tha na h aingil a' dòrtadh amach an ſoithiche làn do fheirg:* 6 *Na plàighean a 'ta leantuin air ſin.* 15 *Thig Criosd mar ghaduiche. Is beannuichte iadſan a ni faire.*

AGUS chuala mi guth mòr as an teampull, ag radh ris na ſeachd aingil, Im'ichibh, agus taomaibh ſoithiche feirge Dhe air an talamh.

2 Agus dh' imich an ceud *aingeal*, agus thaom è a ſhoitheach air an talamh; agus dh' eirich droch neaſgaid nimhneach air na daoinibh ſin aig an raibh comharth' a' bhéiſt, agus *orra-ſan* a rinn àdhradh d'a iomhaigh.

3 Agus thaom an dara aingeal a ſhoitheach ſan fhairge; agus rinneadh i mar fhuil duine mhairbh: agus fhuair gach anam beo bàs ann ſan fhairge.

4 Agus thaom an treas aingeal a ſhoitheach ſna h aimhnichibh agus ann ſna tobraichibh uiſge; agus rinneadh iad 'n am fuil.

5 Agus chuala mi aingeal nan uiſgeacha ag radh, Is co'thromach thu, O Thighearna, a 'ta, agus a bha, agus a bhitheas, do bhri' gu'n

* ſtàid i. e. an t ochdmha' cuid do mhìle fearainn.

gu'n d' rinn thu breitheanas air an dòigh so:

6 Oir dh'irt iad fuil naomh agus fhàidhean, agus thug thu dhoibh fuil r'a h òl; oir is toillteanach iad.

7 Agus chuala mi neach eil' as an altair ag radh, Seadh, a Thighearna Dhe uile-chumhachdaich, *is* fior agus *is* co'thromach do bhreitheanais

8 Agus thaom an ceathramh aingeal a fhoitheach air a' ghréin; agus thugadh *cumhachd* dha daoine a phianadh le h ain-teas teine.

9 Agus bha daoine air an losgadh le teas mòr, agus labhair iad gu blaisphemeach mu ainm Dhe, aig am bheil cumhachd air na plàighibh sin: agus cha do ghabh iad aithreachas, chum glòir a thoirt dha-san

10 Agus thaom an cùigeadh aingeal a fhoitheach air righchaithir a' bhéist; agus rinneadh a rioghachd dorcha, agus chagainn *daoine* an teanga tre phéin,

11 Agus thug iad toibheum do Dhia nèimhe air son am pianta agus an creuchda, agus cha do ghabh iad aithreachas d'an gniomharthaibh.

12 Agus thaom an seathadh aingeal a fhoitheach air an amhainn mhòir Euphrates; agus thiormaicheadh a h uisge-sin, chum gu 'n ull'uichteadh slighe righridh na h airde 'n ear.

13 Agus chunnairc mi *teachd* amach a beul an dragoin, agus a beul a' bhéist, agus a beul an fhàidh-bhréige, tri spiorada neoghlana, cosmhuil re losguinn.

14 Oir is iad *sin* spiorada dheamhan, a' deanamh chomhartha, a 'ta dol amach chum righridh na talmhain, agus an domhain uile, gu'n cruinneachadh chum catha là mhòir sin an De uile-chumhachdaich.

15 Féuch, ataim ag teachd mar ghaduiche. *Is* beannuichte eisean a ni faire, agus a choimheadas eadach chum's nach im'ich sè lomnochd, agus nach faic *daoine* a nàire.

16 Agus chrunnich siad iad r'a chéile chum ionaid d'an goir'ear san Eabhrais, Armageddon.

17 Agus thaom an seachdmhadh aingeal a fhoitheach san aidhear; agus thainig guth mòr amach a teampull nèimhe, o'n righ-chaithir, ag radh, Ata è deanta.

18 Agus bha guthanna, agus tairneanaich, agus dealanaich ann; agus bha crith mhòr thalmhain ann, nach raibh a leithid ann o bha daoin' air an talamh, a samhuil do chrith-thalmhain co'-mòr.

19 Agus bha am baile mòr air a roinn 'n a thri earrannaibh, agus thuit bailte nan cinneach: agus thainig Babilon mhòr ann cuimhne ann làthair Dhe, a thoirt d'i cupan fiona * fraoich fheirge.

20 Agus theich gach uile eilean as, agus cha d' fhuaradh na fleibhte.

21 Agus thainig clocha-meallain mòra anuas o neamh air *daoinibh*, gach cloch co'-throm re tàlann: agus thug daoine toibheum do Dhia, air son plàigh na cloichshneachd; oir bha a plàigh-sin romhòr.

CAIB. XVII.

3 *Tha bean, air a sgeadachadh le purpuir agus scàrlaid, agus cupan òir 'n a làimh, 'n a suidhe air a' bhéist,* 5 *neach a's i Babilon mhòr, màthair nan gràinealachd.* 9 *Eidir-mhìneachadh nan seachd ceann,* 12 *agus nan deich adharca.* 14 *Buaidh an Uain;* 16 *agus peanas na ban-strìopaiche.*

AGUS thainig a h aon do na seachd aingil aig an raibh na seachd soithiche, agus labhair e rium, ag radh rium, Thig ann so, noch-

* fheirge ro-gharg.

nochdaidh mi dhuit breitheanas na ban-strìopaiche mòire, a 'ta 'na suidhe air mòran uisgeacha:

2 Ris an d' rinn righridh na talmhain strìopachas, agus chuireadh luchd àiteachadh na talmhain air mheisg le fion a strìopachais.

3 Agus thug è leis mi ann san spiorad do 'n fhàsach: agus chunnairc mi bean 'na suidhe air béist air dhath scàrlaid, làn do ainmibh blaispheime, air an raibh seachd cinn. agus deich adharca.

4 Agus bha bhean air a sgeadachadh ann am purpuir, agus ann an scàrlaid, agus air a deanamh brèagha le h òr agus clocha prìseil agus neamhnuidibh, agus cupan òir aice 'na làimh, làn do ghraineileachd agus neo-ghloine a strìopachais.

5 Agus air clàr a h eudain *bha* ainm sgriobhta, RUN-DIOMHAIR, BABILON MHÒR, MATHAIR NAN STRIOPAICHEAN, AGUS GHRAINEILEACHDA NA TALMHAIN.

6 Agus chunnairc mi a' bhean air mheisg le fuil nan naomh, agus le fuil mhairtireach Iosa: agus 'n uair a chunnairc mi i, ghabh mi iongantas le h iongantas mòr

7 Agus a dubhairt an t aingeal rium, C'ar son a ghabh thu iongantas? Innsidh mise dhuit rùn-diomhair na mnà, agus a' bhéist a 'ta 'g a giùlan, air am bheil na seachd cinn agus na deich adharca.

8 Am béist a chunnairc thu, bha è, agus cha 'n 'eil è ann; agus eirìdh è suas * a slochd an dubh-aigein, agus † theid è am mugha: agus gabhaidh luchd-àiteachadh na talmhain, (aig nach 'eil an ainmeanna sgriobht' ann leabhar na beatha o thoiseach an t saoghail) iongantas, 'n uair a chi iad ‡ am béist a bha, agus nach 'eil, agus a bhitheas ann.

9 Agus ann so *'ta* an inntin aig am bheil gliocas. Na seachd cinn is seachd sleibhte iad, air am bheil a' bhean 'na suidhe:

10 Is seachd righridh iad mar an ceudna: tha cuig *dhiubh* air tuiteam, agus ata h aon ann; cha d' thainig an neach eile fòs, agus 'n uair a thig è, is eigin da fantuinn rè ùine bhig.

11 Agus am béist a bha, agus nach 'eil ann, is eisean an t ochdmha', agus tha è o'n t seachdnar, agus theid è am mugha.

12 Agus na deich adharca a chunnairc thu, is deich righridh iad, nach d' fhuair rioghachd fòs, ach a 'ta faghail cumhachd mar righridh § rè aon uaire maille ris a' bhéist.

13 Tha aca sin aon inntin, agus bheir iad an neart agus an cumhachd do 'n bhéist.

14 Ni iad sin cogadh ann aghaidh an Uain, agus bheir an t Uan buaidh orra: oir is eisean Tighearna nan Tighearna, agus Righ nan righ; agus *ata* an dream a 'ta maille ris, air an gairm, agus air an taghadh, agus fìrinneach.

15 Agus a deir è rium, Na h uisgeacha a chunnairc thu, far am bheil a' bhan-strìopaich' 'na suidhe, is poibleacha, agus slòigh, agus cinnich, agus teangaidh iad.

16 Agus na deich adharca a chunnairc thu air a' bhéist, bheir iad sin fuath do'n bhan-strìopaich', agus ni iad fas i, agus lom-nochd, agus ithidh iad a feoil, agus loisgidh iad i le teine.

17 Oir chuir Dia 'nan croidhe a thoil a choi'-lionadh, agus a bhi dh' aon chomhairle, agus an rioghachd a thoirt do'n bhéist, gus an coi'-lionar briathra Dhe.

18 Agus is i bhean a chunnairc thusa, am baile mòr sin, aig am bheil

* as an t slochd gun ghrunnd, † sgriosar è, ‡ an t ainmhidh. § san aon uair ris a' bhéist.

bheil * rioghachd os ceann righridh na talmhain.

CAIB. XVIII.

2 *Tha Babilon air tuiteam : 4 tha àithn' air a' toirt do phobull De im'eachd aisde: 9 tha righridh na talmhain, 11 maille ris na marsantaibh agus na maraichibh, a' deanamh bròin air a son : 20 tha na naoimh a' deanamh gàirdeachais air son breitheanais De uirre.*

AGUS ann diaigh nan nithe so chunnairc mi aingeal eile teachd a nuas o neamh, aig an raibh cumhachd mòr; agus dhealraich an talamh le na ghlòir.

2 Agus ghlaodh è gu làidir le guth mòr, ag radh, Thuit, thuit Babilon mhòr, agus rinneadh i 'n a h àite-comhnuidh dheamhan, 'n a prìosun do gach spiorad neo-ghlan, 'n a h † èunadan do gach èun neo-ghlan agus fuathmhor.

3 Oir dh' òl na h uile chinnich do shion feirge a strìopachais, agus rinn righridh na talmhain strìopachas ria agus rinneadh saidhbhir ceannaichean na talmhain tre phailteas a sògh.

4 Agus chuala mi guth eile o neamh, ag radh, Thigibh 'mach aisde, mo phobull, chum's nach bi sibh co'-pàirteach d'a peacaibh, agus nach suigh sibh *cuid* d'a plàighibh :

5 Oir tha a peacaidh air càrnadh suas gu neamh, agus chuimhnich Dia a h ea-ceirte.

6 Thugaibh ath-dhìol d'i mar a dhìol ise ribh, agus thugaibh dùbailte dh'i dùbla, reir a h oibrich : ann sa chupan a lion i, lionaibh dùbailte dh'i.

7 Mhèud 'sa ghlòraich si i fein, agus a chaith i a beatha gu sòghail, co'-mòr as sin thugaibh dh'i do pheanas agus do bhròn: oir a deir i 'n a croidhe fein, Tha mi a'm' shuidhe a'm' bhainrioghan agus cha bhantr'ach mi, agus cha 'n fhaic mi bròn.

8 Uime sin ann aon là thig a plàighean, bàs, agus bròn, agus gorta ; agus loisgear i gu tur le teine : oir is neartmhor an Tighearna Dia a bheir breith uirre.

9 Agus ni righridh na talmhain a rinn strìopachas, agus a chaith am beatha gu sòghail maille ria, gul, agus caoidh air a son, 'n uair a chi iad deatach a losgaidh,

10 A' seasamh fad' o làimh, tre eagal a peanais, ag radh, Mo thruaighe, mo thruaighe, am baile mòr sin Babilon, a' chaithir threun sin ! oir ann aon uair a thainig do bhreitheanas.

11 Agus ni ceannaichean na talmhain gul agus caoidh air a son, oir cha cheannaich neach sam bith ‡ am bathar ni 's mò,

12 Bathar òir, agus airgid, agus chlocha prìseil, agus neamhnuidean, agus lion-eadaich thaghta, agus phurpuir, agus shide, agus scàrlaid, agus gach uile ghnè fhiodha thiine, agus gach uile ghnè shoithiche do chnàmhaibh eileaphan, agus gach uile ghnè shoithiche do fhiodh ro-phrìseil, agus do phrais, agus do iarunn, agus do mharmor,

13 Agus canal, agus nithe deadh-bholaidh, agus oinemeinte, agus tùis, agus fion, agus ola, agus plùr mìn-gheal, agus crui'neachd, agus ainmhidhean, agus caoraich, agus eich, agus carbada, agus tràillean, agus anama dhaoine.

14 Agus dh' imich na toraidh, air an raibh mòr dheidh t anama, uait, agus dh' imich na h uile nithe annasach agus maiseach uait, agus cha 'n fhuigh thu iad tuilleadh ni 's mò.

15 Seasaidh ceannaichean nan nithe so a rinneadh saibhir leatha, am

* nachdranachd. † ionad cumail. ‡ an earradh, am marsandachd.

am fad, air eagal a peanais, a' gul agus a' caoidh,

16 Agus ag radh, Is truagh, is truagh, a' chaithir mhòr ſin, a bha air a ſgeadachadh le lion-eadach taghta, agus purpuir, agus ſcàrlaid, agus a bha air a deanamh brèagha le h òr, agus le clochaibh prìſeil, agus le neamh-nuidibh:

17 Oir ann aon uair thugadh ſaibhreas co'-mòr gu neo-ni. Agus ſheas gach uile lòng-mhaighiſdir, agus gach uile chuideachd a theid air loingeas, agus na ſeòladoirean, agus mhèud 's a ni gnothuiche air fairge, am fad,

18 Agus ghlaodh iad 'nuair a chunnairc iad deatach a loſgaidh, ag radh, Co am *baile* a's coſmhuil ris a' chaithir mhòir ſo?

19 Agus thilg iad duſlach air an cinn, agus ghlaodh iad, a' gul agus a' caoidh, ag radh, Is truagh, is truagh, am baile mòr ſin, ann san d' rinneadh ſaibhir iadſan uile aig an raibh lònga air an fhairge, trìd a greadhnachais-ſin: oir ann aon uair dh' fhàſaicheadh i.

20 Dean gàirdeachas os a ceann, o a neamh, agus ſibhſe abſtola naomha agus fhàidhean, oir dhìol Dia ſibhſe uirre.

21 Agus thog aingeal treun cloch mar chloich-mhuilinn mhòir, agus thilg è ſan fhairge i, ag radh, Is ann mar ſo le neart a thilgear ſios a' chaithir mhòr ſin Babilon, agus cha 'n fhuighear i tuilleadh ni 's mò.

22 Agus cha chluinnear annad tuilleadh ni 's mò fuaim chlarſairean, agus luchd-ciuil, agus phìobairean, agus thrompadairean; agus cha 'n fhuighear annad-ſa tuilleadh ni 's mò fear-ceird, do ghnè ceirde air bith; agus cha chluinnear fuaim cloiche-muilinn annad tuilleadh ni 's mò;

23 Agus cha ſoillſich ſolus coinnle annad tuilleadh ni 's mò; agus cha chluinnear annad ni 's mò guth fir-bainnſe no mnà-bainnſe: oir b'iad do cheannaichean daoine mòra na talmhain; agus le d' dhraoidheachd bha na h uile chinnich air am mealladh:

24 Agus fhuaradh fuil fhàidhean innte, agus naomh, agus nan uile *dhaoine* a mharbhadh air an talamh.

CAIB. XIX.

1 *Tha Dia air a chliùdhachadh, air ſon gu'n d'thug è breith air a' bhan-ſtrìopaich' mhòir, agus gur dhìol è fuil a naomh.* 7 *Banais an Uain.* 10 *Cha 'n àill leis an aingeal àdhradh a dheanamh dha.* 17 *Tha na h èunlaith air an cuireadh gu marbhadh mòr.*

AGUS ann diaigh nan nithe ſo, chuala mi guth àrd mhòir-ſhluaigh air neamh, ag radh, Alleluia; ſlàinte, agus glòir, agus onoir, agus cumhachd do'n Tighearna ar Dia-ne:

2 Oir *is* fior agus *is* co'thromach a bhreitheanais; oir thug è breith air a' bhan-ſtrìopaich' mhòir, a thruaill an talamh leis a ſtrìopachas, agus dhìol è fuil a ſhearbhanta fein air a làimh.

3 Agus a-rìs a dubhairt iad, Alleluia. Agus chuaidh a deatach ſuas gu ſaoghal nan ſaoghal.

4 Agus thuit na ceithir ſeanoiridh fichead, agus na ceithir bheathaiche ſios, agus rinn iad àdhradh do Dhia, a bha 'na ſhuidhe air an righ-chaithir, ag radh, Amen; Alleluia.

5 Agus thainig guth amach o'n righ-chaithir, ag radh, Molaibh ar Dia-ne, a fheirbhiſich uile, agus ſibhs air am bheil eagal-ſan, araon beag agus mòr.

6 Agus chuala mi mar ghuth

mòr-

mòr-shluaigh, agus mar fhuaim mhòrain uisgeacha, agus mar thoirm tàirneanaich chumhachdaich, ag radh, Alleluia: oir ata an Tigh-earna Dia uile-chumhachdach 'na Righ.

7 Bitheamaid aoibhinn agus deanamaid mòr-ghàirdeachas, agus thugamaid glòir dha-san: oir thainig pòsadh an Uain, agus dh'ull'-uich a bhean i fein.

8 Agus thugadh dh'i gu'm biodh i air a sgeadachadh le lion-eadach taghta, glan agus dealrach: oir is è an lion-cadach taghta fìreantachd nan naomh.

9 Agus a deir è rium, Sgriobh, *Is* beannuicht' iadsan a'ta air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain. Agus a deir sè rium, Is iad so briathra fìrinneach Dhe.

10 Agus thuit mi sios aig a chosaibh chum àdhradh dheanamh dha: agus a dubhairt è rium, Fèuch nach *dean thu* è: is co'-sheirbhiseach dhuit fein mi, agus do d' bhràithribh aig am bheil fia'-nais Iosa: dean àdhradh do Dhia: oir is i fia'nais Iosa spiorad na fàidheadoireachd.

11 Agus chunnairc mi neamh air fhosgladh, agus sèuch, each geal; agus ghoireadh do 'n ti a shuidh air dileas agus fior, agus ann am fìreantachd tha è deanamh breitheanais agus cogaidh.

12 Agus *bha* a shùilean mar lasair theine, agus air a cheann *bha* mòran chrùn; agus bha ainm aige sgriobhta, nach b'aithne do neach sàm bith ach è fein:

13 Agus bha è air a sgeadachadh le eadach, tumt' am fuil: agus goir'ear ainm, FOCAL DE.

14 Agus lean na h armailtidh a bha ann neamh è air eachaibh geala, air an sgeadachadh le lion-eadach taghta, geal agus glan.

15 Agus as a bheul tha cloi-

dheamh geur a' dol amach, chum gu'm buaileadh è na cinnich leis: agus riaghlaidh sè iad le slait iaruinn: agus ata è a' saltradh fion-amar * fraoich feirge an De uile-chumhachdaich

16 Agus ata aige air a † bhrat agus air a shleis ainm sgriobhta, RIGH NAN RIGH. AGUS TIGHEARNA NAN TIGHEARNA.

17 Agus chunnairc mi aingeal àraidh 'na sheasamh sa ghréin; agus ghlaodh è le guth àrd, ag radh ris na h uil' èunlaith a'ta 'g itealaich ann am meadhon nèimhe, Thigibh, agus cruinnichibh sibh fein chum suipeir an De mhòir;

18 Chum 's gu'n ith sibh feoil righridh, agus feoil àrd-chaiptine, agus feoil dhaoine cumhachdach, agus feoil each, agus na muintir a shuidheas orra, agus feoil nan uile dhaoine; araon shaor agus dhaor, araon bheag agus mhòr.

19 Agus chunnairc mi am béist, agus righridh na talmhain, agus an armailtidh air an cruinneachadh, a dheanamh cogaidh ann aghaidh an ti a bha 'na shuidhe air an each, agus ann aghaidh armailt-sin.

20 Agus ghlacadh am béist, agus maille ris-sin am faidh-bréige a rinn miorbhuile 'na làthair, leis an do mheall è an droing a ghabh orra comharth' a' bheist, agus iadsan a rinn àdhradh d'a iomhaigh. Thilgeadh iad sin 'n an dias beo ann an locha teine a' dearg-lasadh le pronnusc.

21 Agus mharbadh a'chuid eile le cloidheamh an ti a bha 'na shuidhe air an each, a thainig amach as a bheul: agus bha na h èunlaith uile air an lionadh le 'm feoil.

CAIB. XX.

2 *Sàtan ceangailte rè mhìle bliadhna.* 5 *A' cheud aiseirigh:* 6 *Tha iad beannuicht aig am bheil cuid dhith.* 7 *Sàtan a-rìs air fhusgladh.*

* feirge ro ghairg.

† eadach.

ſgladh. 8 *Gog agus Magog.* 10 *Tha 'n Diabhol air a thilgeadh ſan locha theine agus phronnuiſc.* 12 *An ais-eirigh dheireannach agus choitchionn.*

AGUS chunnairc mi aingeal a' teachd a nuas o neamh, agus ochair* ſluichd an dubh-aigein aige, gus ſlabhraidh mhòr 'n a làimh.

2 Agus rug ſè air an dragon, an ſean naithir nimhe ſin, noch a's è an diabhol agus Sàtan, agus cheangail ſè è mìle bliadhna,

3 Agus thilg ſè è do ſhlochd an dubh-aigein, agus dhùin è ſtigh è, agus chuir è ſeula air, chum nach mealladh è na cinnich tuilleadh, gus an criochnaicheadh am mìle bliadhna: agus taireis ſin, 's eigin gu fuaſgailear è rè ùine bhig.

4 Agus chunnairc mi righ-chaithriche, agus ſhuidh iad orra, agus thugadh breitheanus doibh: agus *chunnairc mi* anama na muintir d'an chuireadh na cinn air ſon fia'nais Ioſa, agus focail De, agus *an dream* nach d'rinn àdhradh do 'n bhéiſt, no d'a iomhaigh, agus nach do ghabh a chomharth' air clàr an eudain, no air an làmhaibh; agus bha iad beo, agus rioghaich iad maille re Crioſd rè mhìle bliadhna.

5 Ach cha d'ath-bheothaicheadh a' chuid eile do na mairbh gus an raibh am mìle bliadhna air an criochnachadh. *Is* i ſo a' cheud ais-eirigh.

6 *Is* beannuicht' agus *is* naomha an ti aig am bheil cuid ann ſa cheud ais-eirigh: orra ſo ni bheil cumhachd aig an dara bàs, ach bithidh iad 'n an ſagartaibh do Dhia, agus do Chrioſd, agus rioghaichidh iad maille ris mìle bliadhna.

7 Agus 'n uair a chriochnaichear am mìle bliadhna, fuaſgailear Sàtan as a phrìoſun.

8 Agus theid è 'mach a mhealladh nan cinneach, a 'ta ann an ceithir chearnaibh na talmhain, Gog agus Magog, chum an cruinneachadh gu cath; muintir *a 'ta* ann àireamh mar ghaineamh na fairge.

9 Agus chuaidh iad ſuas air leud na talmhain, agus chuartuich iad campa nan naomh, agus a' chaithir ionmhuinn: agus thainig teine 'nuas o Dhia a neamh, agus chuir è as doibh.

10 Agus thilgeadh an diabhol a mheall iad, ſan locha theine agus phronnuiſc, far *am bheil* am béiſt, agus am fàidh-bréige, agus bithidh iad air am pianadh a là agus a dh' oidhche, gu ſaoghal nan ſaoghal.

11 Agus chunnairc mi righ-chaithir mhòr gheal, agus an ti a ſhuidh uirre, neach a theich neamh agus talamh o a ghnùis, agus cha d' fhuaradh àite dhoibh.

12 Agus chunnairc mi na mairbh, beag agus mòr, 'nan ſeaſamh am fia nais De; agus dh' fhoſgladh na leabhraichean: agus dh' fhoſgladh leabhar eile, *eadhon leabhar* na beatha: agus thugadh breith air na mairbh as na nithibh ſin a bha ſgriobhta ſna leabhraichibh, a reir an gniomhartha.

13 Agus thug an fhairge uaipe na mairbh a bha innte; agus thug am bàs agus † ifrionn uatha na mairbh a bha annta: agus thugadh breith orra gach aon a reir an gniomhartha.

14 Agus thilgeadh am bàs agus ifrionn do'n locha theine: *Is* è ſo an dara bàs.

15 Agus ge b'è air bith nach d' fhuaradh ſgriobht' ann an leabhar na beatha, thilgeadh è ſan locha theine.

CAIB. XXI.

1 *Neamh nuadh agus talamh nuadh.* 10 *An Ieruſalem neamhaidh, maille re làn-mhìneachadh uirre:* 23 *ni bheil ſeum aice air gréin, oir*

is

* an t ſluic gun aigeal.

† an naigh.

is iglòir Dhe a ſolus. 24 *Tha righridh na talmhain a' toirt an ſaibhris d a h ionnſuidh.*

AGUS chunnairc mi neamh nuadh, agus talamh nuadh: oir chuaidh an ceud neamh agus an ceud talamh thairis; agus cha raibh fairge ann ni's mò.

2 Agus chunnairc miſe Eoin a'chaithir naomha, Ieruſalem nuadh, ag teachd a nuas o Dhia a neamh, air a h ull'uchadh mar bheanbainnſe air a ſgeadachach gu maiſeach fa chomhair a fir.

3 Agus chuala mi guth mòr a neamh, ag radh, Fèuch, ata pàilliun Dhe maille *re* daoinibh, agus ni è comhnuidh maille riu, agus bithidh iadſan 'n am pobull aige, agus bithidh Dia fein maille riu, agus 'n a Dhia dhoibh.

4 Agus tiormaichidh Dia gach uile dheur o'n ſuilibh; agus cha bhi bâs ann ni 's mò, no bròn, no * éighich, agus cha bhi pian ann ni 's mò: oir chuaidh na ceud nithe thairis.

5 Agus a dubhairt an ti a bha 'na ſhuidhe air an righ-chaithir, Fèuch, deanam na h uile nithe nuadh. Agus a dubhairt ſè rium, Sgriobh, oir ata na briathra ſo fìrinneach agus dìleas.

6 Agus a dubhairt ſè rium, 'Ta è deanta. Is miſe Alpha agus Omega, an tùs agus an deireadh: bheir mi dha-ſan air am bheil tart, do thobar uiſge na beatha gu ſaor.

7 Sealbhaichidh an ti a bheir buaidh na h uile nithe mar oighre, agus bithidh miſe a'm' Dhia dha-ſan, agus bithidh eiſean 'n a mhac dhamh-ſa.

8 Ach *aig* an dream ſin a 'ta gealtach, agus mi-chreidmheach, agus gràineil, agus *aig* luchd mortaidh, agus ſtrìopachais, agus draoidheachd, agus iodhol-àdhraich, agus aig na h uile bhreugoiribh, bithidh an cuibhrionn ann ſan loch a 'ta dearg-laſadh le teine agus pronnuſc: ni a 's è 'n dara bàs.

9 Agus thainig dò m' ionnſuidh aon do na ſeachd aingil, aig an raibh na ſeachd ſoithiche làn do na ſeachd plàighibh deireannach, agus labhair è rium, ag ràdh, Thig ann ſo, nochdaidh miſe dhuit a' bhean-nuadh-phòſda, bean an Uain.

10 Agus thug è leis mi ann 'ſan ſpiorad gu ſliabh mòr agus àrda, agus dh' fhèuch è dhamh a' chaithir mhòr ſin, Ieruſalem naomha, a' teachd a nuas a neamh o Dhia,

11 Aig an raibh glòir Dhe: agus *bha* a † ſolus coſmhuil re cloich ro-luachmhoir, amhuil cloich Iaſpis, ſoilleir mar chrioſtal;

12 Agus bha balla aice mòr agus àrd, air an-raibh dà-gheata-dheug, agus aig na geataibh dà-aingeal-deug, agus ainmeanna ſgriobht' orra, eadhon *ainmeanna* dà-threibh-dheug chloinn Iſraeil.

13 Air an taobh an ear, tri gheataidh; air an taobh thuath, tri gheataidh; air an taobh dheas, tri gheataidh; agus air an taobh an iar, tri gheataidh.

14 Agus bha aig balla na caithreach dà-bhunaite-dheug, agus annta-ſan ainmeanna dà-abſtol-deug an Uain.

15 Agus bha aig an ti a labhair rium, cuilc-ſhlat òir chum gu 'n toimh'ſeadh è 'm baile, agus a gheataidh, agus a bhalla.

16 Agus ata a' chaithir 'n a luidhe ceithir-chearnach, agus ata a fad co'-mòr r'a leud: agus thomhais è a' chaithir leis a' chuilc-ſhlait, dà-mhìle-dheug ſtaide: is ionunn fad, agus leud, agus àirde dh'i.

17 Agus thomhais è a balla, ceud *agus* dà fhichead *agus* ceithir ‡ bann-lamh, a reir tomhais duine, eadhon, an aingil.

18 Agus

* glaodhaich, † dealradh, ‡ làmh-choille, i. e. fhad 's ata eidear an uilinn is bàrr nam mèur,

18 Agus bha a balla air a thog'ail do chloich iaſpis; agus *b'* òr fior-ghlan am baile, coſmhuil re gloin * ſhoilleir.

19 Agus *bha* bun-aite balla na caithreach air an deanamh ſgiamhach leis gach uile ghnè chlocha luaiſle. *Bu* iaſpis an ceud bun-ait'; *bu* ſhapphir, an dara; *bu* chalcedon, an treas; *b'* emerald, an ceathramh *bun-ait'*;

20 *Bu* ſhardonics, an cûigeadh; *bu* ſhardius, an ſeathadh; *bu* chriſolit, an ſeachdmha'; *bu* bheril, an t ochdmha'; *bu* topas, an naothadh; *bu* chriſopraſus, an deicheamh; *bu* hiacint, an t aon-deug; *b'* ametiſt, an dara *bun-ait'* deug.

21 *Bu* dâ-neamhnuid deug an dà-gheata-dheug; bha gach aon fa leith do na geataibh *air a dheanamh* do aon neamhnuid: agus b' òr fior-ghlan ſràid a' bhaile, mar ghloin † ſhoilleir.

22 Agus ni 'm faca mi teampull ann: oir is è 'n Tighearna Dia uile-chumhachdach, agus an t Uan a's teampull da.

23 Agus ni bheil feum aig a' chaithir air a' ghréin, no air a' ghealaich a dhealrachadh innte: oir ſhoillſich glòir Dhe i, agus *is* è an t Uan a's ſolus d'i.

24 Agus gluaiſidh cinnich na muintir ſin a ſhàbhalar, ann a ſolus: agus bheir righridh na talmhain an glòir agus an onoir d'a h ionnſuidh.

25 Agus cha dùinear a geataidh idir ſan là: oir cha bhi oidhch' ann ſin.

26 Agus bheirear glòir agus onoir nan cinneach d'a h ionnſuidh

27 Agus cha d' theid air chor ſam bith a ſteach innte ni air bith a ſhalaicheas, no a dh' oibricheas gràineileachd, no *a ni* breug: ach iadſan amhàin a 'ta ſgriobhta ann leabhar beathaidh an Uain.

CAIB. XXII.

1 *Amhainn uiſge na beatha,* 2 *craobh na beatha.* 5 *'S è Dia fein ſolus na caithreach.* 9 *Cha 'n fhuluing an t aingeal àdhradh a dheanamh dha.* 18 *Cha 'n fheudar ni ſam bith chur re focal De, no thoirt uaithe.*

AGUS dh' fhèuch è dhamh amhainn fhior-ghlan do uiſge na beatha, ſoilleir mar chriotſtal, a' teachd a mach a righ chaithir Dhe, agus an Uain.

2 Ann am meadhon ſràide na *caithreach,* agus air gach taobh do'n amhainn, bha craobh na beatha, a' giùlan dà-*ghnè*-dheug thoraidh, *agus* a' toirt a toraidh uaipe gach uile mhìos: agus *bha* duilleadh a' chroinn chum leighis nan cinneach.

3 Agus cha bhi mallachd air bith ann ni 's mò: ach bithidh righ-chaithir Dhe agus an Uain innte; agus ni a ſhearbhanta ſeirbhis da.

4 Agus chi iad aghaidh; agus *bithidh* ainm-ſin air clàr an eudain.

5 Agus cha bhi oidhche ann ſin, agus ni bheil feum aca air coinnil, no air ſolus na gréine, oir bheir an Tighearna Dia ſolus doibh: agus rioghaichidh iad gu ſaoghal nan ſaoghal.

6 Agus a dubhairt sè rium, Tha na briathra ſo dìleas agus fìrinneach. Agus chuir an Tighearna, Dia nam ſàidhean naomha, aingeal fein a nochdadh d'a ſheirbhiſich na nithe ſin a's eigin tachairt gu h aith-ghearr'.

7 Fèuch, thigeam gu luath: is beannuicht' an ti a choimheadas briathra ſàidheadoireachd an leabhair ſo.

8 Agus chunnairc miſe Eoin na nithe ſo, agus chuala mi iad, agus 'n uair a chualadh agus a chunnairc mi *iad,* thuit mi ſios ag deanamh àdhraidh roimh choſaibh an

* fhior-ghloin. † tríd-ſhoillſeach, tre 'n dealruich an ſolus.

an aingil, a nochd na nithe so dhamh.

9 Ann sin a deir sè rium, Fèuch nach *dean thu* è: oir is co'-sheirbhiseach dhuit mise, agus do d' bhraithribh na faidhean, agus dhoibhsin a choimheadas briathra an leabhair so: dean àdhradh do Dhia.

10 Agus a deir sè rium, Na seulaich focail faidheadoireachd an leabhair so: oir tha an tàm am fogus.

11 An ti a ni eu-coir, deanadh è eu-coir a ghnà': agus an ti a 'ta salach, biodh è salach a ghnà': agus an ti a'ta 'na fhìrean, biodh è 'na fhìrean a ghnà': agus an ti a'ta naomha, biodh è naomha a ghnà'.

12 Agus feuch, thigeam gu h aithghearr'; agus ata mo luach-saoithreach maille rium, a thabhairt do gach aon fa leith a reir mar a bhitheas a ghniomhartha.

13 Is mise Alpha agus Omega, an tùs agus a' chrioch, an ceud *neach* agus an *neach* deireannach.

14 Is beannuicht' iadsan a ni àitheanta-san, chum as gu'm bi còir aca air craoibh na beatha, agus gu'n d' theid iad a stigh tre na geataibh do 'n chaithir.

15 Oir ann taobh a muigh *ata* madraidh, agus luchd-buitseachd, agus luchd-strìopachais, agus luchd mortaidh, agus luchd iodhol-àdhraidh, agus gach uile neach a ghràdhaicheas agus a ni breug.

16 Chuir mise Iosa m' aingeal a dheanamh fia'nais duibhse air na nithibh so ann sna h eaglaisibh. Is mise fèumh agus gineal Dhaibhidh, an reult dhealrach agus mhaidne.

17 Agus deir an Spiorad agus a' bhean-nuadh phòsda, Thig. Agus abradh an ti a chluinneas, Thig. Agus thigeadh an neach air am bheil tart: Agus ge b'è neach leis an àill, gabhadh è uisge na beatha gu saor.

18 Oir ata mi deanamh fia'nais do na h uile neach a chluinneas briathra faidheadoireachd an leabhair so, Ma chuireas aon neach ris na nithibh so, cuirfidh Dia air-sin na plaighean a'ta sgriobht' ann san leabhar so:

19 Agus ma bheir neach air bith o briathraibh leabhair na faidheadoireachd so, bheir Dia a chuibhrionn-sa a leabhar na beatha, agus as a' chaithir naomha, agus as na nithibh a'ta sgriobht' ann san leabhar so.

20 Deir an ti a 'ta toirt fia'nais air na nithibh so, Gu deimhin ataim a' teachd ann aith-ghearr'. Amen. Seadh, thig-se, a Thighearna Iosa.

21 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd *gu raibh* maille ribh uile. Amen.

CRIOCH.

RULES for Reading the GALIC LANGUAGE.

I. Of the LETTERS.

IN the Caledonian or Scotch Galic Language, the Alphabet consists of eighteen Letters; *a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u*; which are divided into Vowels and Consonants.

II. Of the VOWELS in general.

A Vowel is a letter that makes a perfect sound of itself, without the help af any other.

The Vowels are five, *a, e, i, o, u*; and are divided into BROAD and SMALL: *a, o, u*, are called broad Vowels, and *e, i*, small.

In a word of two or more syllables, if the last ends with a broad or small Vowel, the next syllable must begin with a Vowel of the same kind, according to those well known lines:

Leathan re leathan,
Is caol re caol:
Leughar no sgriobhar
Gach focal san t saogh'l.

Accordingly it would be improper to write *canibh*, sing ye, and not *canuibh*; *sìnadh* stretching, and not *sìneadh*. But, in words derived from other languages, and frequently in compounds, this rule may be properly dispensed with.

In all the syllables of polysyllables except the first, the broad Vowels are often used for one another, and sometimes the small; so *deanuibh* do ye, is written *deanuibh* or *deanaibh*; *cealgoir* a cheat, a hypocrite, *cealgoir* or *cealgair*; *coimhid* keep thou, *coimhid* or *coimhed*.

When two or more Vowels meet without a Consonant, they are to be pronounced all in one syllable: but *dëe* gods, *dëibh* by *or* to gods, *mnäibh* by *or* to women, *rïa* to her, *dïas* * two, must be excepted.

No vowels are quiescent at the end of words.

No vowels are doubled in the same syllable, as *ee, oo*, in English.

All the vowels are sometimes long, sometimes short. When there is any danger of mistake, the long are generally marked with Accents; as *mìle* a thousand, *tìr* a country, *fàil* the heel, *bàs* death: the two last words are thereby likewise distinguished from *fail* a beam, *bas* the palm of the hand.

All the vowels, before or after certain consonants, have somewhat of a nasal sound, but *a* and *o* more remarkably.

The vowels, in all the syllables of polysyllables except the first, are pronounced short and obscure; *a* as in the English word *woman*; *e* as in *open*; *i* as *ee* in *feet*, but shorter; *o* as in *bigot*; *u* as *o* in *kingdom*. But in the first syllable of the second word in compounds, they often retain the same sound they had in their primitives; as *cos* the foot, *luath-chosach* swift-footed; *lùbadh* bending, *so-lùbaidh* easily bent, flexible.

III.

* *Dias* two, is pronounced as if written *dihis*.

III. Of the VOWELS ſeparately.

A.

1. *A* ſounds long, as *aw* in the Engliſh word *law*; as *àth* a ford, *àr* ſlaughter, *gràdh* love, charity: or ſhort, like *a* in the words *that*, *gat*; as *abuich* ripe, *alt* a joint.

2. *A* before *nn*, and before and after the letters *m*, *mh*, *n*, ſounds broad, as in the words *band*, *banter*, but more through the noſe: long, as *fann* feeble, *àm* time, *màthair* a mother, *ſnàmh* ſwimming, *dàn* a poem; or ſhort, as *camadh* making crooked, *madadh* a dog, *ſamh* a diſagreeable ſmell, *naſg* a collar.

3. *A* before *dh* or *gh* ſounds like the dipthong *ao* (1) * but ſhort; as *adharc* a horn, *adhart* a bolſter, *aghaidh* the face, *magh* a field. When *A* long preceeds *dh* or *gh*, it ſounds like *aw* in *law*; as *àgh* felicity, *càdh* pain, vexation; but in *àdhbhar* a cauſe, *àdhradh* worſhip, it ſounds as the diphthong *ao* (1) long

4. *A* ſounds ſhort and obſcure in *ma* if, *an* their, *an* the, *na* than, and when it ſtands by itſelf.

E.

1 *E* ſounds long, like the Greek Eta, or *ai* in *praiſe*, in *è* or *ſè* he, *rè* during the time of.

2. *E* likewiſe often ſounds long, as the Latin *æ*, or the firſt *e* in *ſcene*, as *ré* the moon, *cé* the earth, *té* a woman, *Dé* of God, *an dé* yeſterday. That this ſound of *e* may not be confounded with the preceeding, it will be proper to mark it with a different Accent, either when it ſtands as a vowel, or enters into a diphthong.

3. *E* is ſhort and obſcure, as in *open*, in *le* with, *re* to.

I.

1. *I* ſounds always like *ee* Engliſh: long, as *mìn* ſoft, *ſìth* peace, *ì* or *ſi* ſhe, *tinn* ſeek, *righ* a king; or ſhort, as *min* meal, *ſmig* the chin, *tinneas* ſickneſs, *nigheadh* waſhing. *I* is generally long at the end of monoſyllables.

2. *I* ſounds ſhort and obſcure in *is* and, *is* am.

O.

1. *O* ſounds as the Engliſh *oa*: long, like *oa* in *oak*, as *òg* young, *lòn* food, proviſion, *òr* gold; or ſhort, as *dochann* hurt, *copan* a cup, *ocras* hunger.†

2. *O* ſounds broad as *o* in *bone*, when immediately followed by *m*, *ll*, *nn*, or *ng*: long, when in monoſyllables, as *lom* bare, *toll* a hole, *ſonn* a hero, a brave ſtately man, *lòng* a ſhip; ſhorter, when in the beginning of polyſyllables, as *lomadh* making bare, *tolladh* boring, *çonnadh* fire-wood. It has often the ſame ſhort ſound, when immediately followed by *b*, *bh*, *d*, *dh*, or *g*; as *tobar* a fountain, *cobhar* froth, *odhar* dun, *bog* ſoft.

Note, That *o* ſounds long, as in the Engliſh word *more*, in *mòr* great, *ò* an ear, *bò* a cow, *lòn* a meadow, *ſtòl* a ſtool, and a few others.

3.

* (1) refers to the firſt ſound of the diphthong *ao*.

† *O* has this ſhort ſound in the inſeparable particles *ſo* eaſy, *do* difficult, *ro* very.

3. *O* immediately after *m*, *n*, and before and after *mh*, generally ſounds broad and naſal: long, as *mòd* a court, *nòs* cuſtom, *còmhrag* a conflict, a fight; or ſhort, like the firſt *o* in *honour*, as *nomha* new, *comhad* a ſimile, *moladh* praiſe. It has likewiſe this ſhort ſound before *n*; as *ſona* happy *cron* a fault.

4 *O*, before *gh*, ſometimes ſounds like the diphthong *ao*(1)ſhort; as *roghuinn* choice, *logh* forgive thou.

5. *O* is ſhort as in *bigot*, in *mo* mine, *do* thine, *do* to, *o* from, ſince; but *O* the interjection is long.

U

U ſounds always like *oo* Engliſh: long, as *ùr* freſh, *ùmhal* humble, obedient; or ſhort, as *ubh* an egg, *umhail* heed, *urras* a ſurety.

IV. Of the DIPHTHONGS in general.

The union of two vowels in the ſame ſyllable makes a diphthong.

The diphthongs are thirteen; *ae*, *ai*, *ao*, *ea*, *ei*, *eo*, *eu*, *ia*, *io*, *iu*, *oi*, *ua*, *ui*.

The diphthongs *eu*, *ia*, and *ua*, are in proper orthography always long: *ao*, *eo* and *iu*, are always long at the end of monoſyllables, and for the moſt part in the firſt ſyllables of polyſyllables. The other diphthongs are ſometimes long, ſometimes ſhort.

All the diphthongs, as alſo the vowels, are long in monoſyllables, when immediately followed by *lb*, *lg*, *ll*, *m*, *ng*, *nm*, *nn*, *rb*, *rd*, *rg*, *rm*, *rn*, or *rr*.

Such diphthongs as have the broad ſounds of *a* (1) or *o* (1) in their compoſition, acquire likewiſe the naſal ſounds which these vowels have, when before or after the ſame conſonants.

In all the ſyllables of polyſyllables except the firſt, the diphthongs ſound always ſhort and obſcure; the vowels that compound them retaining the ſound they have when ſingle, and in the ſame part of polyſyllables. In the middle or end of ſuch words, the diphthong *ea* ſounds nearly as *a*, but ſhort and obſcure; and the firſt vowels of the diphthongs *ai* and *ui*, before an aſpirated letter, are generally quieſcent, or but faintly ſounded. But in the firſt ſyllable of the ſecond word in compounds, the diphthongs often preſerve the ſame ſound they had in their primitives.

V. Of the DIPHTHONGS ſeparately.

AE.

The diphthong *ae* is ſeldom uſed in the Galic language. Its ſound is compounded of that of a broad *a* (1) and a ſhort obſcure *e*; as *làeth'* days.

AI.

1. The ſound of *ai* is made up of that of a broad *a* (1) and a ſhort obſcure *i* (1), as *ai* in the Latin words *aulai*, *Graius*: long, as *àite* a place, *fàidh* a prophet, *àill* will, inclination; or ſhort, as *ait* glad, *aig* at *or* with, *tais* ſoft, moiſt.

2. *Ái* ſounds ſomewhat like *ay* in the Engliſh word *hay*, as the Scots pronounce

pronounce it, in *faidhbhir* or *faibhir* rich, *daidhbhir* poor, *maighdion* a maiden, *saighde* arrows, *saighd-fhear* a ſoldier, *airm* arms, *gairm* a call, *ſailm* pſalms.

AO.

1. *Ao* has a peculiar ſound, only attainable by the ear: generally long, as *caol* ſmall, lean, *maol* bald, blunt, *maorach* ſhell fiſh; ſometimes ſhort, as *gaoraid* ſhort.

2. *Ao* has a ſoft naſal ſound, likewiſe attainable only by the ear, in *aon* one, *maoth* tender, *maothan* a griſtle, any thing tender, *naothadh* or *naomhadh* the ninth, *naomh* holy, *caomh* kind.

EA

1. *Ea* has the ſound of a broad *a* (1) ſoftened by that of the preceeding ſhort *e*: long, as *ſealg* hunting, *ſpealg* a ſplinter, *dearg* red, *gearr* cut thou; or ſhort, as *earrach* the ſpring, *geal* white, *ealadh* a ſwan.

Note, That *ea* has never the preceeding ſound, but when followed by *l* or *r*; or when it likewiſe ſounds naſal, before *nn*, and ſometimes *mh*, *ng*.

2. *Ea* generally ſounds like *ea* in the Engliſh word *beat*, when immediately followed by the letters *b*, *d*, *g*, *s*, ſingle or aſpirated; as *eabar* mire, *leabhar* a book, *ſeadan* a pipe, *ſgeadachadh* adorning, *ſeadh* yea, *beag* little, *leaghadh* melting, *teas* heat.

Note, That *ea* is often uſed for the diphthong *eu*, and ſounds long like the firſt *e* in *ſcene*; as *eadach* clothes, *ea-cail* a diſeaſe.

3. *Ea* likewiſe ſounds like *ai* in *praiſe*; as *ſea* ſix, *breagha* pretty, adorned, *geadh* a gooſe. *Ea* has generally the ſame ſound, but ſhort, when immediately followed by *c*, *ch*, *t*, *th*, or the ſingle conſonants *n*, *r*: as *breac* ſpeckled, *beach* a bee, *ſean* old, *lear* the ſea, *leat* with thee, *eatorra* between them, *leathan* broad.

EI.

1. *Ei* ſounds long, like the firſt *e* in *ſcene* and a ſhort obſcure *i* (1), as *céir* wax, *theid* will go, *eigin* neceſſity, *fein* ſelf, *eirigh* riſing; or ſhort, as *geilt* dread, *leis* with him, *eire* a burden.

2. After *m*, *n*, and before *mh*, *ei* has ſometimes the ſound of the Greek Eta, and a ſhort obſcure *i* (1), but ſomewhat through the noſe: long, as *mèiſe* of a plate, *nèimhe* of heaven, *ſgèimh* beauty; or ſhort, as *meidh* of a ballance, *na cneidh* of the wound.

EO.

1. *Eo* ſounds long, like the Engliſh *oa* ſoftened by the ſhort ſound of the preceeding *e*, as *beo* living, *deo* breath, *deònach* willing; or ſhort, as *beothail* lively, *deoch* a drink, *geodha* a creek, *reodhadh* freezing.

2. The ſound of *eo* is ſometimes made up of that of a ſhort *e*, and a long *o* as in the Engliſh word *more*; as *leòmhan* a lion, *teòmadh* ſkilful, alert, *teò-chroidheach* affectionate.

EU

1. *Eu* ſounds long, like the firſt *e* in *ſcene*, as *feur* graſs, *gleuſadh* tuning, trimming, *leughadh* reading, *reult* a ſtar.

2. *Eu* ſometimes ſounds long, like *ai* in *praiſe*, as *fèuch* ſee, behold, *èud* zeal or jealouſy.

3.

3. *Eu* has this laſt ſound, but ſomewhat through the noſe, after *m*, *mh*, *n*, and ſometimes before *n*; as *mèur* a finger, *ſmèurachadh* groping for, *nèul* a cloud, *nèurachd* happy, *ſèunadh* hallowing, denying.

IA.

Ia ſounds long, like *ee* Engliſh and a broad *a* (1); as *iach* a cry, *dias* an ear of corn, *fial* liberal, *ſgiath* a wing, a ſhield.

IO.

1. *Io* ſounds as *ee* Engliſh and a ſhort obſcure *o*: long, as *cìocras* an earneſt longing, *dìol* pay thou, *fior* true, *ſios* down; or ſhort, as *ſlios* the ſide, *crios* a belt, *ciotach* left-handed, *iolach* a loud cry.

2. *Io* ſometimes ſounds as *ee* Engliſh; as *ìobairt* a ſacrifice, *iodhol* an idol.

IU.

Iu ſounds long, as *iew* in the Engliſh word *view*, as *fiu* worth, *cliu* praiſe, *ſliùradh* ſteering: or ſhort, as *ciurradh* hurting, *an diugh* to day, *fliuch* wet, *ſiubhal* going.

OI.

1. *Oi* has a ſound compounded of that of a broad *o* (1), like the Engliſh *oa*, and a ſhort obſcure *i* (1): long, as *òigh* a virgin, *fòill* at leiſure, *tòir* purſuit; or ſhort, as *goirt* ſowre, painful, *toic* wealth, *toit* a vapour.

2. *Oi* ſometimes ſounds long, as *o* in the Engliſh word *more* and a ſhort obſcure *i* (1), as *bòid* a vow, *fòid* a turf; or ſhort, as *fois* reſt, *loisg* burn thou.

3. *Oi* before *d*, *gh*, *l*, *ll*, *nn*, *r*, or *th*, has often the ſound of *ay* in the Engliſh word *hay*, but ſhort; as *oide* a foſter-father, *oidhe* a gueſt, *oidhche* night, *oighre* an heir, *coileach* a cock, *coille* wood.

4. *Oi* ſounds ſomewhat like the diphthong *ui*, in *choidh'* or *choidhch'* for ever.

Note, That *oi* ſounds as *ee* in *ſeet*, in *a noiſe* now, *croidhe* a heart, and its derivatives.

UA.

Ua ſounds long, like *oo* in *poor* and a ſhort *a* (1), as *buar* kine, *cluas* the ear, *cuan* the ſea, *fuar* cold.

UI.

Ui ſounds long, like *oo* in *poor* and a ſhort obſcure *i* (1), as *ùir* earth, *dùil* expectation, *dùil* a creature, *cùigear* five perſons, *sùiſt* a flail; or ſhort, as *fuil* blood, *muir* the ſea, *cnuimh* a worm.

VI. Of the TRIPHTHONGS.

The union of three vowels in the ſame ſyllable makes a triphthong.

The triphthongs are five, *aoi*, *eoi*, *iai*, *iui*, *uai*. They are all long, and never occur but in monoſyllables, or the firſt ſyllables of polyſyllables.

AOI.

1. *Aoi* has a ſound made up of the diphthong *ao* (1), and a ſhort obſcure *i* (1); as *aoibhneas* joy, *caoin* mild, *laoigh* calves.

2. It has the naſal ſound of the diphthong *ao* (2), and a ſhort obſcure

i (1), in *naoimh* ſaints, *maoin* ſubſtance, *naoi'* nine, *naoidhean* an infant, *maoidheamh* upbraiding, boaſting, *mnaoi* to a woman.

3. *Aoi* ſounds ſomething like the diphthong *ui*, in *caoi'* wailing, *claoidheadh* overwhelming, *daoi* wicked, *ſaoi* good, *laoidh* a hymn.

EOI.

1. *Eoi* ſounds like the diphthong *eo* (1) long, and a ſhort obſcure *i* (1); as *beoir* beer, *deoin* will, *ſeoid* heroes, *treoir* ſtrength, vigour.

2. *Eoi* has a naſal ſound (*o*. 3) after *m*, *mh*, and before and after *n*; as *meoir* fingers, *eoin* birds, *neoinein* a daiſy.

IAI.

Iai ſounds as the diphthong *ia*, and a ſhort obſcure *i* (1); as *liaig* the genitive of *liag* a great ſtone, *ſiaire* more crooked. *'Ndiaigh* is commonly pronounced as if written *'n deadhuidh*.

Note, That this triphthong is ſeldom uſed in Scotch Galic.

IUI.

Iui ſounds as the diphthong *iu* long, and a ſhort obſcure *i* (1); as *ciuin* quiet, *ſtiuir* the helm, *iuil* of a way, *cloch-iuil* a load-ſtone.

UAI.

Uai ſounds like the diphthong *ua*, and a ſhort obſcure *i* (1); as *cruaidh* hard, *buaidh* victory, *ſuaim* ſound, *ſtuaim* temperance.

Note, That *chuaidh* went, *nuaidheachd* news, are commonly pronounced as if written *chaidh*, *noimheachd*.

VII. Of the CONSONANTS in general.

A conſonant is a letter that cannot make a perfect ſound of itſelf, without the help of a vowel.

The conſonants are thirteen, *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *h*, *l*, *m*, *n*, *p*, *r*, *s*, *t*; which are divided into MUTABLE and IMMMUTABLE.

The mutable are ſuch as, by having an *h* ſubjoined to them, either alter or loſe their pronunciation, *viz*. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *m*, *p*, *s*, *t*.

The immutable conſonants are ſuch as are never aſpirated, or have an *h* ſubjoined to them, *viz*. *l*, *n*, *r*.

The mutable conſonants, though they loſe their ſound, or in effect become other conſonants, are ſtill written, to ſhew the etymology of words, or prevent ambiguity.

No conſonants but the immutables, *l*, *n*, *r*, are written double in the Galic Language.

The mutable conſonants in the end of monoſyllables, or in the firſt or ſecond ſyllables of polyſyllables, when after a ſhort vowel or diphthong, are generally pronounced as when written double in Engliſh; as are alſo the immutable, when ſingle, or not immediately followed by another conſonant; as *obadh* denying *or* declining, *bradan* a ſalmon, *lag* a hollow, *ola* oil, *canach* cotton, down, *las* kindle thou; to be pronounced *obbadh*, *braddan*, *lagg* &c.

A conſonant ſtanding alone, is pronounced as if it were the initial letter of the following word, if it begins with a vowel; but if with a conſonant, and the laſt ends with a vowel, it is joined with the preceeding word; as *na h innſe* of the iſland, *an t ainm* the name, *'n a*

bheachd

bheachd in his opinion, *le d' dheoir* with thy tears; to be pronounced *na hinnſe, an tainm, na bheachd, led dheoir.*

VIII. Of the CONSONANTS ſeparately.

1. Of the Mutable Conſonants.

B.

1. *B* is pronounced as in Engliſh.

2. *Bh* has the ſound of *v* in Engliſh; ſo *a bhean* O woman, *marbh* dead, *ſibh* you, are pronounced as if written *a vean, marv, ſiv.*

C.

1. *C* is pronounced as the Engliſh *k*, or as *c* before *a, o, u*, whatever vowel follows it; ſo *cam* crooked, *ceann* a head, *cìr* a comb, *conaſg* whins, *cùl* the back, are to be pronounced *kam, keann, kìr, konaſg, kùl.*

Note, That *c*, in the middle or end of words, is, in a great part of the highlands, pronounced like *chg*: *mac* a ſon, *bac* hinder thou, *ſac* a ſack, *faicſinn* ſeeing, are pronounced *machg, bachg, ſachg, faichgsinn.*

2. *Ch* ſounds like the Greek Chi, or *ch* in the word *loch*; as *laoch* a hero, *dochoir* wrong, injury.

Note, That *chd* is commonly pronounced like *chg*; ſo *bochd* poor, *ſlochd* a pit, ſound as if written *bochg, ſlochg.*

D.

1. *D* has ſomething of a ſoft palatal ſound, to be learned perfectly only by the ear*.

2. *Dh* in the beginning of words is pronounced like the Engliſh *y* conſonant in the words *your, yell*; ſo *dhuit* to thee, *a dhuine* O man, as if written *yuit, a yuine. Dh*, after a ſmall vowel in the middle or end of words, is always quieſcent, or ſounded as a faint *h*; as it likewiſe generally is after a broad vowel, when a conſonant begins the next word or ſyllable; as *cruaidh-chroidheach* hard-hearted, *fiadhnuis* a witneſs, *prionnſadh treun* a valiant prince; to be pronounced *cruai'-chroi'each, fia'nuis, prionnſa' treun.*

F.

F ſounds as in Engliſh. *Fh* is always quieſcent; as *b' fhearr* it were better, *fheara* O men; to be pronounced *bearr, 'eara.*

Note, That *Fh* ſounds as *h* alone in *fhuair* he found; to be pronounced *huair.*

G.

G always ſounds as the Greek Gamma, or as in Engliſh, in the words *go, give. Gh* ſounds as *dh*, or *y* Engliſh: in the beginning, middle, and end of words, it ſounds or is quieſcent, as *dh* in like caſes.

†

M.

M ſounds always as in Engliſh. *Mh* ſounds like the Engliſh *v*; as *a' mhaidin* the morning, *tàmh* reſt; to be pronounced *a' vaidin, tàv.* It is often quieſcent, in the middle, and ſometimes at the end of polyſyllables

* D has ſomething of this ſound in the Engliſh words *dew, duty*, as they are commonly pronounced.

† *H* begins no word in the Galic language, and never occurs in any but after a mutable conſonant.

bles; as in *còmhradh* ſpeech, *coimh-fhreagradh* agreeing with, *breitheamh* a judge, *cloidheamh* a ſword, *maitheamh* forgiving.

P.

P is always pronounced as in Engliſh. *Ph* ſounds like the Greek Phi, or like f Engliſh; as *a phiuthar* his ſiſter, *am phàrrais* in paradiſe, *do phàillion* thy tent; to be pronounced *a fiuthar*, *am fàrrais*, *do fàillion* *.

S.

1. *S* before or after a broad vowel in the ſame ſyllable, ſounds as in Engliſh; as *ſal* filth, *ſoinionn* fair weather, *ſòlaſach* comfortable, *ſhairn* ſtruggling, *faileas* a ſhadow.

Note, That *ſo* this, *ſud* that, are pronounced *ſho*, *ſhud*.

2. *S*, when immediately before or after a ſmall vowel, ſounds as *ſh* Engliſh; as *ſin* that, *ſeinn* ſing thou, *athaiſeach* reproachful, *duais* a reward, *faicſinn* ſeeing; to be pronounced *ſhin*, *ſheinn*, *athaiſheach*, *duaiſh*, *faicſhinn*.

3. *S* ſounds as in Engliſh, in *is* am, *is* and; as it does alſo in the inſeparable particles *ſe* and *ſin*; as in *agaibhſe* with you, *thig-ſe* come thou, *dhoibhſin* to them: but *miſe* I, *iſe* ſhe, are pronounced *miſhe*, *iſhe*.

Note, That *ſ* in the beginning of words, after an euphonic t, is quieſcent; as *an t ſamhraidh* of the ſummer; to be pronounced *an tamhraidh*.

4. *Sh*, when immediately before a vowel, ſounds as *h* alone; as *a' bhean ſhona* the happy woman, *a' bheatha ſhuthainn* everlaſting life; to be pronounced *a' bhean hona*, *a' bheatha huthainn*.

Before the conſonants *l* or *n*, it is quieſcent; as *ſhlànuich è*, he healed, *ſhnìomh i*, ſhe twiſted *or* ſpun; to be pronounced *'lànuich è*, *'nìomh i*: But before *r* it is obſcurely ſounded; as *ſhrann an t each* the horſe ſnorted, *ſhrad na h ùird* the hammers ſtruck fire; to be pronounced *hrann an teach*, *hrad na hùird*.

T.

1. *T*, like *D*, has ſomething of a ſoft palatal ſound, to be learned perfectly only by the ear; as *tana* thin, *tiamhaidh* ſlow, *tlus* affection, *trom* heavy †.

2. *Th*, in the beginning of a word, when immediately before a vowel, or the conſonants *l*, *n*, *r*, only interveening, ſounds as *h* alone; as *thiomaich è* he ſoftened, *cainnt thlà'* ſmooth ſpeech, *o thnù'* from envy, *thraogh an amhuinn* the river is abated; to be pronounced *hiomaich*, *hlà'*, *hnù'*, *hraogh* ‡.

Th, in the middle or end of words, after a long vowel, diphthong, or triphthong, is nearly quieſcent; but after a ſhort vowel or diphthong, is pronounced as *h* forcibly, and ſerves to quicken their ſound; as *crith* ſhaking, *bith* being; to be pronounced *crih*, *bih*.

* *Ph* in the beginning of proper names is quieſcent in all the oblique caſes, except the accuſative, unleſs the prepoſitions *a*, *aig*, *air*, *ann*, *gu*, *le*, *re*, *thar*, go immediately before them.

† *T* has ſomething of this ſound in the Engliſh words *tune*, *Tueſday*, as they are commonly pronounced.

‡ *Th*, in the beginning of any of the tenſes of verbs, and immediately preceeded by *d'*, is quieſcent; as *cha d' thug mi* I gave not, *nan d' thugainn* if I ſhould give, *an d' theid è* will he go; to be pronounced *cha dug mi*, *nan dugainn*, *an deid è*.

2. Of the immutable Conſonants, L, N, R.

1. The immutable conſonants, *l*, *n*, *r*, when initials of words in their natural or dictionary order, as alſo when joined with another conſonant, have generally a ſoft double or liquid ſound, to be perfectly attained only by the ear; as *lann* a ſword, *lìth* colour, *ſleadh* a ſpear, *nimh* venom, *ràmh* an oar; to be pronounced *llann*, *llìth*, *ſlleadh*, *nnimh*, *rràmh*.*

2. The conſonants *l*, *n*, *r*, when the initials of words connected with others in a ſentence, ſound often with ſomewhat of an aſpiration, or nearly as in Engliſh; as *reubainn* I would have wounded, *o neart an teine loiſgich* from the force of the conſuming fire; to be pronounced *rheubainn*, *nheart*, *lhoiſgich*†.

Note, That they have this ſound in the middle or end of words, when not joined with another conſonant; as alſo in the particles *le* with, *na* than, *na* (the article), *nach* not, *no* or, *re* with, *riamh* ever, *roimhe* before, when ſingle or in compoſition.

3. When the conſonants *l*, *n*, *r*, retain their liquid ſound in the middle or end of words, they are generally written double; as *tuill* holes, *fann* feeble, *fearr* better; thereby diſtinguiſhed from *tuil* a flood, *fan* ſtay thou, *fear* a man.‡

* *L* has ſomething of this liquid ſound in the words *lieu*, *ſlew*: *N*, in *knew*, *news*. *Ll*, in the middle or end of words, ſounds like *ll* in French, when an *i* goes before it; or as in the Engliſh word *collier*: *Nn*, ſomething like *gn* in *bagnio*.

† The orthography of the Scotch Galic wants nothing ſo much, as ſome proper marks or characters for diſtinguiſhing theſe different ſounds of the conſonants *l*, *n*, *r*. Such is the nature of this language, that ſeveral relations of words in the order of conſtruction, inſtead of particles or terminations as in other languages, are expreſſed only by a change of the initial conſonant, or by prefixing an *h*. The immutable conſonants *l*, *n*, *r*, admitting no ſuch change, it was neceſſary, in theſe caſes, that they ſhould undergo ſome characteriſtic variation in their ſound. Accordingly, wherever a mutable conſonant would *in ſtatu conſtructo* be aſpirated, the letters *l*, *n*, *r*, loſe their liquid or natural ſound, and are pronounced as when ſingle in Engliſh. A few examples will illuſtrate this.

The initial conſonant of an adjective, when immediately after the nominative ſingular of a feminine ſubſtantive, is aſpirated; or, if immutable, ſounds nearly as in Engliſh; as *bean mhaith* a good woman, *cìlid luath* (*lhuath*) a ſwift hind; but after a maſculine ſubſtantive, it retains its primitive form and ſound; as *fear maith* a good man, *cù luath* (*lluath*) a ſwift dog.

The gender of the poſſeſſive pronoun *a*, is determined only by the initial letter of the following ſubſtantive: aſpirated after *a* maſculine; as *a bheul* his mouth, *a neart* (*nheart*) his ſtrength: but remaining unaltered after *a* feminine; as *a beul* her mouth, *a neart* (*nneart*) her ſtrength.

The genitive plural of nouns, declined without the article, is frequently to be diſtinguiſhed from the nom. ſing. only by having the initial conſonant aſpirated; as *tonn* a wave, *thonn* of waves, *ròn* (*rròn*) a ſea-calf, *ròn* (*rhòn*) of ſea-calves.

The preterite of verbs has generally the initial conſonant aſpirated, and is thereby diſtinguiſhed from the imperative; as *ſhéid mi* I blew, *ſéid thuſa* or *ſéid-ſe* blow thou; *leum* (*lheum*) *mi* I jumped, *leum* (*lleum*) *thuſa* jump thou.

‡ *Ann* in, when immediately before a ſubſtantive, is pronounced as *an*.